


LIFE AND WORK

GAELIC SUPPLEMENT

1919 - 1924

2852(41)05.

49163




Presented by

Dr. D. Lamont, 1955.

Dh. 7.25.

~~Dy 7.25.~~



Digitized by the Internet Archive
in 2011 with funding from
internet archive



AN SAOGHAL ÙR.

Bliadhna mhaith ùr! Cha robh e furasda a chèile fhailteachadh mar so o thoiseach a' chogaidh. Bha sruth na h-aimsir a' ruith gum mhoille, gun lasachadh ach cha robh fuighair ri maith aig moran. Bha ar cairdean, mic agus braithrean, ann an cumart air muir agus air tìr agus gun fhios aig neach co an la a thigeadh sgeul bhrònach. Tha sìth air thalamh a nis, ged a bhiodh e dana a radh gu'm bheil deagh-ghean am measg dhaoine. An déidh ceithir bliadhna de chogadh le chall, le sgaradh is le sgapadh thainig bliadhna na saorsa. Thuit thar ar gaoillean an t-uallach a bha 'gar cromadh gu làr agus le ceum aotrom agus le ceol 'nar cridheachan tha sinn aig dorus na bliadh' ùire. Bha an oidheche fada agus bha i dorcha ach tha an la air briseadh, na h-eoin a' ceilearadh anns gach doire agus air gach bruach, agus a' ghrian ag òradh nan cuoc agus nam beann. Cha 'n'eil an spèur uile gu léir glan fhathast, ach an déidh na gaillionn agus an dòruinn bithidh fuighair ri sìd ghrianaich chiun. Cha 'n'eil bliadhna, eadhon ceithir bliadhna, ach mar phlatha anns na linntean, ach tha dochas againn gu 'n seall ar sìochd air cogadh mor na h-Eorpa mar chomharra criche, a' dealachadh an t-seann t-saoghail le dhroch nòs o shaoghail ùr anns an bi ceartas, saorsa, agus sìth. Thainig an dile ann an laithean Noah agus rinn i roinn ann an eachdraidh an t-saoghail. Bha na Romanach a' cumtas nam bliadhnachan o thogail baile mor na Roimhe. Tha teachd an t-Slanuighear a' seasamh mar chomharra agus mar charragh am an euan na h-aimsir agus ged nach 'eil an cogadh no tachartas eile r'a choimeas ann an toradh agus ann an tairbhe ri teachd an Tighearna, bithidh an cogadh mar charragh anns an t-slighe air am bheil an saoghal a' gluasad. Mu 'n d' thainig an cogadh idir bha daoine ciallach anns na rioghachdan ag radh nach robh ann an cogadh ach droch dhileab o linntean dorcha agus aineolach agus nach robh ann am feachd mor airm agus soithichean cogaidh ach cosdas gun fheum. Bha so gu maith na 'n robh na rioghachdan uile ann an aon imtinn, ach chuir Iompaire na Germailt agus a shluagh an tlachd anns an arm, agus bha an suil le farmad air cuid an comhearsnaich. Bha an ùigh ann an cogadh agus dhiult iad gach tairgse air uallach na rioghachdan aotromachadh. Cha robh earbsa sam bith aca ann an ceartas agus cairdeas. Anns an t-suidheachachd so, cha bhiodh ann ach gòraiche

do chàch iad fein fhagail ruisgte gum dìon. Tha sinn a' creidsinn gu 'n d' ionnsaich a' Ghernailt leasan nach dicheimhnich i. Cha d' rinn i aideachadh follaiseach fhathast, agus cha 'n'eil a h-iompachadh cho dealasach agus a bu mhaith leim. Ach tha i toileach aite fhaotainn ann an comb-cheangal cairdeil nan rioghachdan. Theaganh nach seas comb-cheangal nan rioghachdan anns na linntean a thig 'n ar déidh, ach tha cothrom againn deagh eisimpleir a thoirt seachad agus bithidh dochas againn gu 'n lean a' chlann eisimpleir an a'braichean. Tha coguis na linn so air dùsgadh agus thug sinn bliun a mach an aghaidh cogaidh mar ni borb agus oillteil. Tha an saoghal le aon ghuth ag eigheach nach fhaod cogadh an saoghal a sgrios ni 's mo. Ma choisinn an rioghachd so agus na rioghachdan a bha ann am bann chàirdeil rithe sìth mhaireannach co nach aidich, trom agus mar a bha a' chis a phaigh sinn, gu'm bheil an duais airidh air an iobairt? Tha gliocas an t-saoghail cruinn ann am baile mor na Frainge agus ma dh' iarras iad ceartas agus fireantachd gu durachdach agus gu dealasach leagaidh iad bunait ùr airson rian agus riaghailt nan rioghachdan. Deanadh iad riaghailtean a dh' fhògras cogadh agus bithidh sinn ann an saoghal ùr da rìreadh.

Ann an lorg a' chogaidh fhuair sinn eolas farsuinn air rioghachdan beaga agus mora. Cha mhisd sinn tuilleadh eolais. Bha sinn ag aideachadh gu 'n do chruthaich Dia an saoghal agus an sluagh a tha 'ga àiteachadh ach a nis bheir an t-aideachadh toradh ann an gnìomharan cairdeil.

Bha muinntir Bheilgium faisg oirnn agus b'e an eucoir a rinneadh orra a dh' fhosgail ar suilean gu'r cunnart fein. Ach tha sinn a nis ann an daimh chàirdeil ri Serbia, Rumania, Armenia, agus Arabia, agus iomadh sluagh eile nach b' aithne dhuinn gus an d' thug an aon chunnart agus an aon chruadal sinn dluth d' a cheile. Trid eolas thainig cairdeas agus trid eolas thig cairdeas daonnan. An aite farmad agus co-fharpais tha deagh rùn agus cairdeas air tighinn. Tha e soilleir gur e an Creideamh Criosduidh an t-aon bhònn air an tog daoine teampull na sìthe. Thig ginealach ùr aig nach bi eolas air cruadal, uabhas, fulangas, agus briste-cridhe, mar a tha againne, agus is e ar dheasannas an t-slighe a' dheanamh rèidh air thoiseach orra; an spiorad ùr altrum agus cordadh dìonmhalta a ruigh-eachd nach bris agus nach fhusgail rioghachd uabheach gu brath. Tha sinn a' deanamh gairdeachas gu 'n d' thug Dia na throcair buaidh



dhuinn anns a' chogadh. Ach na leigeadh Dia gu 'm bi sinn cho dall agus gun saoil sinn gu 'm bheil an rioghachd so coimhlionta, gun fheum air mathachadh ann an ni. Air sgath nan ceudan mìle a tha 'nan laidhe ann an tìrean cein cha 'n fhaod sinn cadal ann an suaimhneas na leisge. Cha 'n airidh sinn air treunadas nan sonn nach till no duinealas nam mìltean a bha air an sàruchadh air ar son-ne ma leigeas sinn aon leasan feumail a dh' ionnsaich sinn ann an sgoil chruaidh a' chogaidh air dichuimhne. Chumaic sinn sealladh maiseach. Chumaic sinn sluagh na duthcha uile a' co-oibreachadh ann an seirbhis na rioghachd. Bha uaislean agus maithean ag obair ann an tighean-eiridinn agus tighean-cairde nach do chuir lamh ri tìrn riamh roimhe. Bha an sluagh uile ag obair gu dian agus 'gan aicheadh fein gun fhacal gearain, arson na rioghachd. Maireadh an spiorad so agus bithidh sinn ann an saoghal ùr.

Ann an taghadh nan saighdearan chumaic sinn moran de 'n oigrìdh air an diultadh trid eucail agus easlainte. C' arson a tha slainte na rioghachd air deireadh air slainte na Fraing agus na Germailt? Cha robh sinn air deireadh ann an uairean obair, ann an tuarasdail no ann am biadh. Tha tuilleadh de shluagh Bhreatuinn anns nam bailtean mora na tha ri fhaicinn ann an duthchanna eile. Cha bhi e furasda na bailtean mora a lughdachadh. Tha cosmhadh nam bailtean a' taladh dhaoine, ach na'n robh seol aca air an aran a chosnadh anns a' bhaile agus itheadh air an duthaich, bhiodh cothron aig an òigrìdh fàs ann am fallaineachd. Tha seasgaireachd agus iomadh goireas anns a' bhaile mhor, ach an uair a tha teaghlaichean air an cùmhnachadh ann an tighean beaga ann an sraidean cumhann cia mar a bhitheas neart agus slainte aig an t-sluagh. Tha iomadh bothan bochd air bheag grinneas no comhartaich anns na glinn, ach tha oiteag ghlan na gaoidh an iar a' seideadh anns na frogan agus fàile nan stamh no an fhraoich mu'n cuairt orra. Thogadh gillean treuna agus mnathan maiseach ann an tighean dubha na Gaidhealtachd. Ach ann am frogan dorcha nam bailtean, ann an tighean air nach ruig gaoidh no grian, ciod an cothrom a tha aig a chlann mhifhortanach fàs ann an slainte cuirp agus inntinn? Fhuair an rioghachd leasan agus tha i 'ga thuigsinn. Anns an t-saoghal ùr sguabar air falbh gach tigh agus sraid nach taig dachaigh iomchuidh do dhaoine.

Thug an cogadh leasan eile dhuinn mu 'n fhearann. Rinneadh dimeas agus tàir air tuathanachas. Leig an cogadh fhaicinn gur e obair an fhearainn prìomh obair na duthcha. Bha saighdearan na duthcha laidir, treun. Sheasadh iad cruadal agus chuireadh iad ruaig air an namhaid. Ach, sgeul na truaighe, cha

robh iad lionmhor gu leoir. Tha meas air an fhearann nach robh riamh air agus tha beo-shlainte agus tuarasdail maith aig na daoine a tha 'ga oibreachadh. Chaidh fearann a bha fo ionaltradh a bhriseadh le crann agus rinn an coirce agus an cruithneachd a chinn 'n ar duthaich fein cobhair oirnn ann an la na deuchainn agus ann an uair na teanntachd. Fhuair sinn ar leasan agus gabhaidh sin ris. Bithidh fearann na rioghachd fosgailte do shluagh na rioghachd.

Bha amharus aig moran gu 'n robh deoch laidir a' deanadh moran dolaidh anns an rioghachd. Aig toiseach a chogaidh chaidh glaoth a mach gu 'm b' fhearr a toirmeasg uile gu leir. Cha 'n fhaic an luchd-riaghlaidh so iomchuidh, ach ghearr iad spuircan na malairt air doigh do dha. Chaidh bèus agus modh an t-sluaigh ann am feabhas gu comharraichte. Cha bhi e furasda reachdan agus laghanna a rinn an sluagh measarra agus stuama a chuir air chùil. Bheir stuamachd ann an deoch laidir saoghal ùr dhuinn. Thainig reachd ùr airson na sgoiltean aig toiseach an t-saoghail ùir agus bithidh moran air am mealladh mur cuidich e an rioghachd ann an tomhas mòr. An eugnmais foghlum cha ghabh Breatunn a h-aite dligheach aig ceann na buaile. Tha fàradh air a thogail air an èirich oigrìdh na rioghachd o sgoiltean beaga gu ard thighean-oilean na duthcha. Tha tuarasdail luchd-teagaisg air am meudachadh agus tha fiughair againn gu 'n tionndaidh gillean agus nigheanan taghta na rioghachd ris an dreuchd urramach so. Air mo shon fein, b' fhearr leam sgoil mhaith fhaicinn anns gach sg'ir na sgoil mhor no dha ann an siorramachd. Ach tha an cogadh a' teagasg nach fhoghainn oilean nan sgoiltean. Cha robh cion sgoil air a' Ghermailt agus chaidh i faisg air sgrìos a thoirt air an t-saoghal. Cha robh an Creideamh Crìosduidh aig steidh a h-oilean. Tha muinntir na h-Eòrpa agus America a' creidsinn gu 'm bheil sonas r'a fhaotainn anns an t-saoghal ach tha muinntir na h-airde 'n ear a' teagasg gur ann anns an inntinn a mhaire a tha toileachadh ionlan. Tha an Creideamh Crìosduidh ann an daimh ri beachd na h-airde 'n ear agus, gun dimeas air maitheachadh saoghalta, tha e 'gar gairm gu ionmhas an spioraid agus is e ar gliocas eisdeachd a thoirt d' a theachdaireachd. C.D.

COMHRADH ANNS AN FHRAING.

Cha 'n 'eil mi ag ràdh gu 'm bheil an comhradh a leanas facal air fhacal mar a chuala mi e. Thug claisean agus tuill na Frainge gillean cràbhach agus gillean gun chràbhach, gillean sùndach agus gillean tìirseach ann an cuideachd a cheile. Bha cuid pòsda agus

teaghlach aig an dachaigh; bha a' mhòr-chuid gun bhean, gun chlann. Bha gach aon a' sealltainn air a' chogadh 'na dhoigh fhein agus a reir oilean 'oige agus cleachdadh a bheatha. Cha robh cleith no folach air faireachduinn. Bha an t-anam ruisgte gun uibhir luideag 'ga chomhdach.

Ann an slochd domhain bha sianar ghillean, oifigich oga; pioban a' tarruing gu maith agus ceo cho domhail ri toit teine fraoich ann am bothan.

ROB.—Tha mi gle thoilichte an dìg ud shuas fhagail. B'e sud an t-aisein blàth. Ach an euala sibh an sad a thug am fear ud? Cha 'n 'eil fhios co a chaidh air a thurus a nis.

IAIN.—Ann an ainm an fhortain, bi samhach. Am bheil seachas idir 'na d' cheann ach sin?

ROB.—Tha sinn a' dol do 'n chàmp aig taobh na coille challtuinn a nochd ach tha eagal orm 'gu 'n till sinn do na digean ceudna a rithist.

SEUMAS.—Fòmaidh cuid-eigin a bhi anna.

ROB.—Cha mhair sinn fada ma chailleas sinn air an ath sgrìob mar a rinn sinn an de agus an diugh. Tha mi seachd searbh dheth, mios an deigh mios, daoine a' tuiteam gach la agus gun sinn aon cheum air adhart.

SEUMAS.—So, so. Cha mhiosa ar càradh na moran eile.

ROB.—Cha 'n 'eil fhios agam fhein co is fearr a bhi beo no marbh ach ma leanas an cogadh bliadhna eile tha mi coma ged nach fhaic mise a' chrioch.

IAIN.—O, cum do theanga. Seall ormsa. Bithidh mi ann an Lunnain gun dàil agus an uair a shuidheas mi aig òineir agus a theid mi do 'n tigh-chluich le nighean dhonn mo ghraidh, cha bhi cuimhne air poll agus eabar digean Shatain. Bithidh mi posda mu 'n till mi.

ROB.—Gabh thusa mo chomhairle agus fuirich mar a tha thu. Tha bantraichean gu leoir ann ged nach fhag thusa te agus dilleachdan paisde.

IAIN.—Cluinnibh ceann a' ghliocais! Gleidh do chomhairle dhuit fein ged a tha thu ràidh na 's sinne na mise.

SEUMAS.—Cha bhi sibh cho fada comhla 's 'gu 'n leig sibh a leas dol thar a cheile. Nach fhearr dhomh cèum a ghabhail a sios far am bheil an coirneal. Am bheil thu a tighinn, a Thomais? Thig Uilleam, an gille agamsa, leinn agus fag thusa an gille beag agad fhein. Is leoir aon a bhi ann an cumart.

Dh' fhalbh iad agus gus an deach iad mìle air an t-slighe bha deich slatan eatorra. Bha slige a' sgàineadh le fuaim mar thairneanach an drasd agus a rithist. Rainig iad taobh fasgach na coille agus rinn Seumas air a shòcair gus an do rug each air.

SEUMAS.—A Thomais, an robh roimh-fhaireachadh agadsa o'n thainig thu do 'n chogadh?

TOMAS.—Am bheil thusa a' creidsinn ann am faireachduinn mar sin?

SEUMAS.— Cba b' abhaist dhomh, ach tha iomadh mi a' tighinn fodham nach d' thug mi faear gus a nis.

TOMAS.— Is maith nach 'eil Iain leinn, no bhiodh e a' magadh oirnn. Seall thusa mar a thuit Sim, an t-aon ghille a b' fhearr anns an reiseid agus bha mise r'a thaobh an uair a thuit e. Am bheil thusa a' creidsinn gu'm bheil Sim bochd marbh? Airson Iain cha robh esan riamh beo. Cha chuireadh a bhas orm. Sgrìobhainn "napoo" air clàr agus rachainn gu'm shuipeir. Ach gille gaisgeil gasda mar a bha Sim cha 'n fhàg aogas mo shuilean.

SEUMAS.— Tha thu ceart. Cha 'n eil Sim marbh. Bu bheag beachdachadh a rinn mi air tagasg a' mhinistir ann an laithean sona na sithe ach an uair a chumhneachas mi air Sim tha na briathran so a' tighinn g' am ionnsaidh—

“ O bhais, c' ait am bheil do ghath?

O uaign, c' ait am bheil do bhuidh? ”

TOMAS.—Tha mi fhein gun eagal ro 'n bhas, ach air a shon sin seachnadh mi e cho fada agus is urrainn dhomh. Is e am bàs a rinn an t-sealg an la a fhuir e Sim! Deanadh Iain mar a thogras e, ach tha mise a' creidsinn anns an aiseirigh agus gu'm bheil Sim beo. Ach ciod a bha thu ag ràdh mu roimh-fhaireachadh?

SEUMAS.—Cha 'n eil fhios agam cia mar a chuireas mi e, ach o 'n thainig sinn do na digean oillteil so gus an nochd bha mi dearbh chinnteach nach ruigeadh am bàs orm. Cha 'n eil mi cho cinnteach a nis. Cha 'n eil eagal orm ach b' aill leam nach d' eirich amharas 'n am inntim.

TOMAS.— Tha an t-am agad beagan fois fhaotainn agus fograidh cadal teagamh agus amharas.

UILLEAM.— Gabhaibh mo lethsgèul ach ann am bheachd-sa thig am bàs an uair a thig e agus gus a sin cha tig e.

SEUMAS.—Tha mi a' creidsinn gu'm bheil Uilleam ceart. Tha laithean an duine air an aireamh aigesan a chruithaich e agus carson a aireamh Aige-san a chruthaich e agus c' arson a bhitheas iomagain oirnn?

TOMAS.— Cha 'n eil mi a' creidsinn sin. Theid agad air do laithean a ghiorrachadh agus thug thusa deagh oidhirp air sin a dheanamh. Seachainn an t-ole agus seachnadh e thu. Dean do dhleasannas ach bi faicilleach. Is e sin toiseach agus deireadh na cuise.

Sheas Uilleam aig doras na h-uamha agus theirim na h-oifigich gu nrlar an t-sluic far an robh an coirneal. Ann am beagan fhacal thug e comhairle orra agus thill iad air an t-slighe. Rinn iad uidheam airson obair na h-oidheche. Bha buidheann eile aig oehd uairean a' tighinn 'nan aite. Thuig an namhaid mar a bha agus goirid roimh oehd uairean thoisich na gunnacha mora. Thilgeadh soluis aidhre agus thoisich

an upraid. Chumacas an namhaid a' deanamh air na digean Breatunnach, agus air oiteag na h-oidhche dh' eirich guth Sheumais.

"Illean, na loisgibh gus an dluthaich iad agus na biodh cabhag oirbh. Aig ceud slat leigibh rintha agus na rachadh peilear air chall." Anns an othail rinn aon ghunna spreigheadh agus ann an aon mhionaid bha brnach na dige 'na teine lasrach. Thuit na Germaitich a bha air thoiseach agus 'na thuiteam chuir gach fear car dheth. Cha d' rainig aon namhaid na claisean. Thainig samhchar an déidh na stoirm. Ghabh na saighdearan ùra curam nan claisean agus gu sghith, salach, sàruichte rinn fuigheal na reisimeid air camp na coille challtuinn. Thachair Rob agus Iain ann am bothan beag fàs ri taobh na coille.

Rob.—Nach hochd an gnothach so! Mo mhile mallachd air a' Chaesar agus air a shaighdearan!

Iain.—Ciod a tha a' cur ort? Bha an fortan fabharach agus an deidh na chaill sinn cha chuir iad sinn air druim odhar na truaighe tuilleadh. Bithidh sia seachduinean againn ann am baile beag Frangach le caileagan boidheach agus mu'n till sinn bheir mise sgrìob do Lunnain agus pòsaidh mi.

Rob.—O bì samhach.

Iain.—C' arson? Ciod an t-olc a tha cearr ort? Na'n robh thu cho sghith riunsa de chlaisean a' phuill, bhiodh sunnd ort a nochd. Tha mise coma ged nach fhaic mi Germaitich no Frangach gu brath. Tha gillean aig an tigh agus iad air chrith gu'm bi an cogadh seachad mu'n tig gairm orra. Thigeadh iad agus gabhadh iad m' aite-sa.

Rob.—O, mo Dhia! Cia mar is urrainn dhuit gairdeachàs a' dheanamh agus Seumas agus Tomas r' an adhlacadh am maireach?

Iain.—Tha thusa agus mise beo agus ciod e am feum a ni thu le caoidh? Am faca thu duine marbh gus an nochd? Tha mi duilich gn'n do thuit iad, ach tha sinne beo agus tha iadsan marbh.

Rob.—As uchd an Fhreasdail, cum do theanga no bualaidh mi thu. Da shaighdear cho mhaith agus a sheas ann am broig marbh agus ablaich air am fagail. Is e Dia a mhaoin a thigheas cuisean. Chaidh e thar m' eolais.

Iain.—Seadh, seadh, tha thu crabhach an nochd. Nach e na Germaitich a chur an t-eagal ort! Is fhearr dhuit dram a' ghabhail.

Rob.—An e gu'm bheil thu cho dana? Thusa a' toirt ionraidh air eagal! C' ait an robh thusa aig ochd uairean? B' aill leam a bhì marbh le saighdearan dileas na beo le slaightear mar a tha thusa.

Iain.—Ma thug thu gaol do'n bhàs tha thu far am faigh thu do mhian, ach air mo shona is fhearr leam fuireach as an rathad air a

bhàs. Na'n d' rinn Seumas agus Tomas mar a rinn mise bha iad beo slàn fhatlast.

Rob.—Agus bhiodh na Germaitich anns na claisean a gheall thusa a dhion. A dhùine gun naire, fag mo shealladh agus na faiceam do ghnuis gu brath!

Thainig Uilleam a stigh leis an t-suipeir agus shnidh Iain gu togarrach aig a' bhìadh ach shin Rob e fein air an ùrlar gun bhìadh agus gun deoch. Cha robh a chadal trom, ach bha sraun aig Iain.

C. D.

PEANAS AGUS DIOGHALTAS.

Cha'n'eil e furasda inntinn an t-saoghail a mhineachadh ach cha'n'eil mi fada air seachran ma dh' abras mi gur e rùn suidhichte dhaoine gun do thoill a' Ghermailt peanas trom airson a h-aingidheachd. Bha a cridhe leagta air cogadh agus bha i gun iochd gun trocair air mnir agus air tìr. Aig an am cheudna cha'n'eil moran ag iarraidh peanas an-ìochdmhor a shàsachadh corruich agus dioghaltas. Ged a bhiodh na Frangaich agus muinntir Bheilgium an geall air dioghaltas an deidh an ceusadh a dh' fhuilig iad, cha bhiodh iongantais oirnn ach cha chluinnear fuaim de'n t-seorsa so. Agus ciod air bith mar a tha aireamh bheag anns an rìoghachd so, bithidh daoine toinisgeil reusonta riarichte an uair a bhitheas ceartas air a shàsachadh. Tha cuid, ann an ainm a' Chreidimh Chrìosdnidh, a' sparradh oirnn mar dhleasanais maitheanas do ar naimhdean. Tha iad ag radh gu'm bheil maitheanas a' ciallachadh nach fhaod sinn peanas a dhioladh a chionn gur e gne a' pheanas dioghaltas agus toileachadh ann am fulangas ar naimhdean. Tha iad ag radh gur coir do naimhdean tuiteam air amhaichean a cheile an uair a thig sìth. Tha iad a' tilgadh ceann-teagaisg oirnn o'n Tìonnadh Nuadh agus a' dortadh a mach cainnt chrabhach mar thuil, ach tha rud-eigin ag inuseadh dhuinn nach eil tìr agus tuigse amta. Is e aon ni peanas a' dheanamh airson eucoir agus ni eile dioghaltas a thagar agus toileachadh fhaotainn ann am fulangas namhaid. Ma tha amharus againn nach d' rinn ar namhaid aithreachas airson aingidheachd a chaidh thar tomhais cha'n'e a mhaoin gu'm bheil e ceadaichte peanas a dheanamh air, ach is e ar dleasanais a' dhùsgadh gu aithreachas trid smachdachadh laidir. "Mar is beo mi, deir an Tighearna Dia, cha'n'eil tlachd agam ann am bàs an aingidh ach gu'n till e o aingidheachd agus gu'm mair e beo." Ma leanas sinn eisimpleir Dhe cha thuit sinn ann an mearachd. Cha'n'eil toil againn an druideadh a mach o shonas fhlaithceanais ach is e ar rùn an deanamh airidh air sonas agus air cairdeas.

C. D.





SEARMOIN A MUCARNA.

Bho chionn ghoirid bha sinn ann am bùth leabhraichean, agus tachraidh leabhar oirnn a bha air a chur a mach o chionn trì bliadhna leis an Urramach Calum Mac Callum, ministear Mhucàrna, dlùth do 'n Oban. Cha 'n fhaca is cha chuala sinn iomradh air gu's a' mhionaid ud, ged a bha e glé iongantach gu rachadh leabhar le ministear Gàidhealach seachad oirnn, agus iad cho teare. Ach is e an t-aobhar gu robh sinn air falbh aig a' chogadh an uair a thàinig an leabhar a mach.

Ged a tha e nis car amoch bu mhaith leinn iomradh, agus iomradh coibhneil cuideachd, a dheanamh air anns an duilleig so. Ged nach biodh aobhar eile air son sin a dheanamh ach gur h-ann le ministear Gàidhealach a bha air a sgrìobhadh, bu leòir e. Cha bu mhaith leinn a chreidsinn (ged a bhios na Philistich 'ga ràdh ruinn) nach 'eil tàlant an diugh aig ministearan na Gàidhealtachd mar a bha aca anns na làithean a dh' fhalbh; ach feumaidh sinn aideachadh nach 'eil tàlant na gineil so 'gan nochdadh féin ann an litreachas co dhiù. Bidh na Philistich ag ràdh rud eile cuideachd; nach cluinnear an diugh anns a' Ghàidhealtachd searmoin a tha idir coltach ris na searmoin ghasda a chluinneadh iad ann an làithean an òige. Co dhiù a tha sin fìor no nach 'eil, agus co dhiù is e an aon fhuaim a chluinnear ann an cùbaid Mhucàrna a chluinnteadh ann an cùbaid na Tòiseachd, cha ruig sinn a leas a ràdh, ach faodaidh sinn so a ràdh, gu bheil na searmoin a tha anns an leabhar so beò is làidir is neo-eisimeileach, searmoin a chumadh eadhon na Philistich 'nan dùsgadh 'gan éisdeachd (ged nach 'eil anns na Philistich ach na h-uipearan). Agus is mòr am moladh air searmon, gu 'n cum e daoine 'n an dùsgadh. Tha searmoin ann a tha taitneach gu leòir 'g an éisdeachd, ged nach 'eil a' bheag de bhùigh annta agus ged nach seas iad ri bhì air an cur ann an leabhar, far am biodh an lommochd air a dheanamh follaiseach. Tha searmoin eile ann a dh' fhaodas a bhì car tioram r' an éisdeachd ach a tha buannachdail do dhaoine an uair a leughas iad iad air an socair féin ann an leabhar, a chionn gu bheil grunn is gliocas annta. Cha chuala sinn ministear Mhucàrna riamh a' searmonachadh; cha 'n 'eil fhìos againn co dhiù a tha e fileanta no starcach 'na chainnt; no

co dhiù a dh' éisdeas a' mhòr-chuideachd ris le tlachd no nach éisd, ach 'na tha an còrr d'a obair cho mhaith ris na searmoin a tha anns an leabhar so, cha ruig e a leas eagal a bhì air seasamh an làthair mhaithean na h-eaglais, agus a bhì air a choimeas riu.

Cha 'n 'eil so a' ciallachadh gu bheil sinn ag aontachadh le Mghr. Mac Callum ann an cuid d'a bheachdan, no anns a' bhreith a tha e a' toirt air seòrsachan sònruichte dhaoine. Tha sinn calg-dhireach 'na 'aghaidh ann an iomadh beachd a thachair oirnn anns na searmoin so, ach cha bu mhaith do 'n t' saoghal gu 'm biodh na ceart bheachdan aig a h-uile duine, agus tha esan a' cur a thaoibhe féin de gach cùis ris a bheil e a' buntainn cho làidir, cuimseach, soilleir, 's gu bheil e furasda do neach air bith fhacinn gu bheil inntinn chomasach is inntinn onorach aige. A thuilleadh air sin tha meas aige air Facal an Tighearna, is urram aige do Lagh an Tighearna mar riaghailt ann am beatha dhaoine; tha e a' creidsinn ann am fireantachd is ann am ceartas eadar duine is duine; tha suim aige do chor nam bochd is iarrtus aige air an cuingeann fhuasgladh. An uair a tha daoine de 'n aon bheachd anns na nithean sin cha ruig iad a leas cur a mach air a chéile ged nach còrdadh iad ann an nithean as lugha. Is e bun a' ghnòthuich gu 'm biodh seirbhisich an Tighearna dileas a réir an soluis, agus eudmhor gu rìoghachd Dhé air thalamh a chur air a h-aghaidh; ma tha iad sin, faodar leigeil leis gach aon diubh oibreachadh is teagasg 'na dhòigh fhéin, agus a bheachdan fhéin a dhearbhadh ann an obair an t-saoghail.

Tha aon nì a dh' fhaodas sinn a ràdh mu Mghr. Mac Callum nach urrainnear a ràdh mu ar ministearan uile, agus is e sin, nach 'eil cion misnich air. Theagamh gu 'n saoil cuid gur suarach an gràs misneach ann an obair na ministreileachd, ach gun mhisneach cha 'n urrainn duine air bith, agus gu sònruichte luchd-teagasg, a bhì aon euid onorach no firinneach. Is rud an Fhìrinn nach 'eil air a foillseachadh do 'n ghealtair. Tha cuid de dhaoine ann a tha gu nàdurra diùid; leis nach toil a bhì ag iomram an aghaidh an t-srutha; daoine a dh' aontaicheas ris gach beachd is glaoth a tha fasanta ged a tha fhìos aca gu maith gu bheil iad ceàrr, no co-dhiù nach 'eil annta ach bloigh de 'n fhìrinn. Ma tha amharus aca nach còrd am beachdan ri daoine eile leis am bu mhaith leò cumail a stigh gleidhidh iad am beachdan

aca fhéin; feuchaidh iad ri Dia a thoileachadh gun oibheum a thoirt do Mhammon. Ach cha 'n ann de 'n t-seòrsa sin a tha ministear Mhucarna; cha 'n 'eil e brosgulach no lean-leat; tha fhios aige ciod a tha e fhéin a' creidsinn agus labhraidh e a bheachdan gun eagal no giorag air roinn ghníus duine bheò. Luchd-riaghlaidh is uachdarain fearainn; baillidhean is luchd an uisge-bheatha; maithean na h-eaglais is daoine beartach; is seòrsachan eile a tha e an dùil a tha deanamh fòirneart air an t-sluagh no a tha 'g am mealladh,—cha 'n 'eil eagal air a bheachdan fhéin innseadh dhaibh agus an teisteanas a thoirt daibh. Mar a thuir sinn cheana cha 'n 'eil sinn ag aontachadh ri Mghr. Mac Callum ann am móran d'a bheachdan (ann an iomadh ni a bhuineas do riaghladh na staidhe is obair na h-eaglais tha sinn cho fada bhuaith 's a tha an àird an ear o'n iar), ach air a shon sin leugh sinn a leabhar le thlachd agus bu mhaith leinn a mholadh do dhaoine eile. Is gasda an rud imtinn dhìreach onrach a bhì aig duine, agus comas smuaineachaidh air a shon fhéin; tha na buadhan sin cho tearc 's gur fhiach iad am moladh an uair a thachras iad ort, agus theid sinn am bannaibh gu 'n tachair iad ort anns an leabhar so. Tha aona searmon deug anns an leabhar, agus tromhpa uile tha aon smuain no snàthlainn a' ruith,—nach 'eil ann an diadhaidhachd gun fhìreantachd ach magadh air Dia, agus gur e suim lagh Dhé ceartas a bhì air a dheanamh eadar duine is duine, agus gean-maith eadar rioghachdan. Bha iad air an liubhairt an déidh do 'n chogadh tòiseachadh; rud a tha glé fhuasda fhaicinn oir tha dath a' chogaidh orra uile, agus is ann ris an dùthaich mar dhùthaich a tha e a' labhairt is cha 'n ann ri anamanna fa leth. Feumar so a choimhneachadh, oir tha sinn a' creidsinn gur e shì an t-aobhar nach 'eil iad cho soisgeulach 's a bu mhaith leinn iad a bhith. Tha sinn ag ionndrainn annta fuaim is blas na deagh sgeula sin a chuir Dia gu peacaich; ag ionndrainn companas a' Mhaighstir chaoimh e féin, agus fuaim a ghutha a' taladh a bhràithrean gu sìth is sonas. Ged is ann ann am beul an anadain a fhuaras am facal, "An uair a bhios sinn ri maorach bitheamaid ri maorach, agus an uair a bhios sinn ri òrach bitheamaid ri òrach," tha e 'na dheagh riaghailt ann an searmoin mar ann an nithean eile, agus mar a thuir sinn cheana, cha 'n 'eil teagamh nach e sin an t-aobhar gu bheil barrachd annta mu riaghladh na rioghachd a tha faicsinneach na tha annta mu dhìomhaireachdan na rioghachd a tha neo-fhaicsinneach; an t-aobhar cuideachd gu bheil barrachd annta de chasaid an aghaidh uachdaranachda is dhaoine ann an ionadan àrda na tha annta de impidh air peacaich a bhì réidh ri Dia.

Cha 'n 'eil sinn a' dol a bheantuinn ris na cuspairean air a bheil Mghr. Mac Callum a' tighinn thairis anns na searmoin so, oir bhiodh sin 'na bhuaireadh dhuinn tòiseachadh air argumaid a dheanamh ris, agus cha bu mhaith leinn sin a dheanamh. Is fheàrr leinn leigeil le fear dhiubh labhairt air a shon féin; cha 'n 'eil àite againn ach do chrìoman beag dheth, ach faodar a ghabhail mar earlais de chàch.

"Cha 'n 'eil Crìosd air a thuigsinn leis na daoine a tha labhairt 'n a ainm an diugh. Cha 'n 'eil iad a' faicinn gu 'n d' thàinig e do 'n t' saoghal a thionndadh an t-saoghail bun os cionn. Tha iad 'ga chur fa chomhair dhaoine mar neach a bha eòin is macanta, faighidheach an làthair eucòir, agus caoin-shuarach gu robh a bhràithrean air an cumail sìos le fòirneart is lambachas-làidir. Cha 'n 'eil sin fìor; cha b' ann mar sin idir a bha Crìosd. Cha do labhair aon de na seann fhàidhean riamh briathran cho sgàiteach 's a labhair Crìosd an aghaidh ceal-gaireachd na cléire, an-ìochdmhorachd nan daoine saoi bhir, agus ain-diadhaidhachd an luchd-riaghlaidh. Easbuigean agus maithean nan eaglaisean Crìosduidh eile nach gabh gnotluch ri riaghladh na dùthcha ach an uair a tha sin buannachdail d' am pòca no d'an inbhe-shaoghalta féin, pearsachan eaglais a bhios a' gabhail lethsgèul nan spùineadairean agus a' brosgul ri daoine saoi bhir,—sin daoine a dheal-aich ri Crìosd agus aig nach 'eil cuid no pàirt 'na 'ruintean. Sin na naimhdean as miosa a tha aige, oir tha iad a' feuchainn ri cleachdanan mi-naomha a dhìon fo ùghdarras 'ainme. Cha 'n 'eil a' chuid as motha de mhinistearan an diugh ach a' cnuodachadh an luchd-éisdeachd agus a' labhairt bhriathran mìne nach toir oibheum dhaibh. Cò am ministear an diugh a bheil de mhìnich féimealachd is coimheachas mhaighstirean a chionnachadh le briathran teinnteach mar a dheanadh Crìosd; no solus nan nèamh a leigeil a steach air ana-ceartas an luchd-riaghlaidh, agus air cuilbheartan nam baillidhean a thaobh an fhearainn? Thàinig Crìosd a chur crìche air ana-ceartas, ach cha 'n 'eil aig na h-eaglaisean Crìosduidh ach glé bheag d'a spiorad-san. Cò an ceàrn de 'n t-saoghal anns am bheil iad r'am faicinn a' tionndadh an t-saoghail bun os cionn, air cho dona 's 'ga bheil an ceàrn sin air a riaghladh. 'Na àite sin is ann a chithear iad air gach làimh a' propadh suas an duine làidir. Feumaidh gu 'n do dhìcluimhnich iad gu buileach ciod an spiorad a tha annta, an uair a bheil iad air clann na sgoil Shàbaid a bhì cluicheachd shaighdearan, an uair a bhaistead iad soithichean-cogaidh, agus a bheannaicheas iad gunnathan a bha air an deanamh gus daoine neo-chiontach a mharbadh. Tha luchd oibre Bhreathuinn an diugh fhathast, coltach r' am

bràithrean Iudhach anns na seann làithean, a' dòrtadh an falluis a là agus a dh' oidhche los gu'm faigh na daoine saoi bhir na sòlasan peacach is toigh leis an Fhèin agus an Fhèil. Gach saoghal ùr a tha air a chosnadh agus air fhosgladh le ealain mhic an duine, is e na daoine saoi bhir a tha faotainn a mhaith. Tha iad a' buain toradh an t-sìl a bha air a chur leis an luchd-oibre. Saoil thu an ann air son dhaoine tinne no air son luchd-oibre a tha sean no sgàth a tha na seòmraichean cosdail is rìomhach a chì thu air na soithichean mòra, no na h-àitean as combhfurtachaile air na carbadan iaruin! Cha'n ann idir; tha iad air son sglìomairean a tha tighinn beò air daoine eile, agus nach do chuir rianib ball-aeftuim 'nan làimh. Anns na ceàrnan as maisiche de'n dùthaich tha treabhaichean is ciòbhairean air an cur air fallbh agus an dùthaich air a deanamh 'na fàsach agus 'na h-àite-chuiche do robairean mosach a tha fàs reamhar le saothair is fallus dhaoine eile. A chionn nach 'eil ùine aca air làithean eile na seachduinn, tha eadhon là an Tighearna air a thoirt o'n luchd-oibre a tha a' saothrachadh gu goirt, a dh' ionnsachadh dhaibh iomairt-arm a chum gu'n caill iad am beatha agus gu'n reic iad an anam air sgàth dùthcha anns nach 'eil ploc aca a bhuineas daibh, ach a bhuineas d' am maighstirean. Tha so uile a' dol air aghaidh, ach cha'n abair na h-eaglaisean gur h-olc."

Is cannt làidir so gun teagamh, agus ciod air bith a tha ministearan eile a' deanamh faodar a thuigsinn gu bheil ministear Mhucàrna a' togail fhianuis an aghaidh aingidheachd ann an ionadan àrda, agus nach 'eil e a' labhairt ri gineil olc is fhiar ann am briathran mìne.

Bhithamaid na bu toilichte na'n robh an leabhar so air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig, ach tha e coltach gu bheil a' Ghàidhlig a' tuiteam air a h-ais. Ma's fìor na tha daoine eòlach ag ràdh tha na searmoin as fheàrr a chluinnear an diugh ann an eaglaisean Gàidhlig air an liubhairt ann am Beurla. Ach ged a tha na searmoin so air an sgrìobhadh ann am Beurla bha iad air an deanamh le ministear Gàidhealach, agus air an aobhar siu tha sinn 'gan ainmeachadh anns an duilleig so, agus a' deanamh am beatha. *Tha an leabhar air a chur a mach le Iain Gobha agus a Mhic ann an Glaschu, agus is e a phrìs leth-chrun.*

ANNS A' CHATHAIR.

An uair a chuir Crìosd a mach trì fichead 's a deich d'a dheisciobuil a shearmonachadh na rìoghachd, am measg earailean eile a thug e dhaibh thug e a' chomhairle so orra, *Na beannaichibh (no na fàiltieibh) neach air bith 's an t-slighe.* Ciod a bha e a' ciallachadh leis

an fhacal so? Saoilidh tu nach 'eil e idir coltach ri rud a theireadh an Maighstir; saoilidh tu nach h-iarraidh e air a luchd-leannuinn a bhi cho coimheach 's nach deanadh iad uiread agus an latha a mholadh dhuit anns an dol seachad. Faodar a bhi cinnteach nach bu mhaith le Iosa a dheisciobuil a bli fuar r'a chéile no ri muinntir an t-saoghail, agus gu robh aobhar sònruichte aige air an fhacal ud a ràdh riu, facal a thuigeadh iadsan anns a' mhìonaid. B'e so an t-aobhar, gu robh fasain aig na h-Iudhaich a thaobh failteachaidh a bha cosg mòran ùine, agus nach bu mhaith le Iosa a sheirbhisich a bhi cur seachad leth an latha a' deanamh am beic an uair a bu chòir daibh a bhi ag obair. Sin a tha am facal so a' ciallachadh; tha e ag iarraidh air seirbhisich an Rìgh cabhag a dheanamh air an turus agus a bhi dìchiollach 'nan obair; gun an ùine a chosg ri sgeamlain is beulachas.

Bha na h-Iudhaich o shean agus tha na h-Arabaich an diugh fhathast mòran na's cùramaiche na tha sinne air a chéile fhàilt-eachadh agus a bheannachadh. An uair a thachras fear-eòlais oirnne air an rathad theagamh gu mol sinn an latha dha agus an dol seachad, agus sin uile e, ach stadadh an t-Iudhach agus theireadh e r'a fhear-dùthcha, "Sith gu robh maille riut," "Gu'm beannaicheadh an Tighearna thu," "Tha mi a' guidhe sonas is àgh duit," no guidheachan maith eile de'n t-seòrsa sin. Ma b' aithne dha am fear a thachair air gu maith, an àite breith air làimh air mar a ni sinne, dheanadh e a bheic dha gu sòluimte; chuireadh e a làmh dheas an toiseach air a bhathais, an sin air a bhilean, agus a rìs air uchd os cionn a chridhe; — sin uile a' ciallachadh gu robh a cheann is a bhilean is a chridhe air an lionadh le urram is gràdh do'n neach a bha e 'na làthair. B'e an fhìrinn (na'n robh an fhìrinn air a h-innseadh) nach robh air uairean ach glé bheag de ghràdh ann an cridhe an fhìr a biodh a' deanamh a bheice ach b'e sid am fasan, agus bhiodh am beannachadh air a dheanamh o'n taobh a muigh eadhon an uair a bha mallachadh anns an taobh a stigh. Faodar, mata, a thuigsinn gu'm biodh ùine air a cosg an uair a thòisicheadh daoine air cromadh is air beiceadh d'a chéile anns an dòigh ud, gun an rachadh iad troimh gach car is ruidhle ann an lagh nam modhannan. Cha robh ann ach fasan; plaosg gun bhìadh glé thric, agus mar sin thubhairt Iosa r'a dheisciobuil, Na cuiribh seachad ur n-ùine ris; tha na's fheàrr agaibh r'a dheanamh, deanaibh cabhag ann an seirbhis an t-soisgeil.

Anns an àird an Ear gus an là diugh tha daoine na's modhaile na tha iad anns an àird an Iar. Cha'n 'eil iad cho fìrinneach ris na

daoine againne, no cho onorach ann an cridhe 's an cainnt, ach gu fìor tha sìobhaltachd air am bilean agus modh nan easgaidean. Is fheàrr le Arabach na breugan innseadh dhuit seach an fhìrinn, mur bheil an fhìrinn bòidheach is tlachdmhor. Cha 'n'èil ach glé bheag dhinne as urrainn idir ar beic a dheanamh le loinn (nì sinn gogaìl is bogadaich ghramda mar gu 'm biodh an leum-droma oirnn, ach na 's fheàrr na sin cha 'n urrainn duinn a dheanamh), ach nì an t-Arabach as ìsle crannchuir a bheic cho furasda agus cho loinneil 's ged a bhiodh e air ionnsachadh le maighstir-dannsair. Chi thu an luchd-oibre anns an Eiphit a' lùbadh an glùn 's a' deanamh am beic do chàch a chéile air an t-sràid; agus nì iad e le grinneas is ealain nach fhaicear 'n ar measg-ne ach ann an cùirt an Rìgh.

Tha na Mohammedanaich anabarrach cùramach gu 'm bi cleachdaman a' mhodha air an cumail suas eatorra féin, oir tha iad a' cumntas gur pairt de 'n diadhaidheachd am modh. Chunnac sinn iomadh uair anns an Eiphit daoine a' deanamh an dearbh rud a bha 's an amhar aig Iosa an uair a labhair e am facal ud; a' beantuinn le 'n làimh d' am bathais, a ris d' am bilean, agus an sin a' cur am boise thairis air an cridhe agus a' cromadh gu làr air beulaobh an neach air an robh iad a' cur fàilte. An uair a thachras Mohammedanach air fear de 'n chreideamh aige fhéin is e an fhàilt a chuireas e air, "Sìth gu robh dhuit," agus freagraidh am fear eile, "Sìth dhuit-sa cuideachd, agus tròcair Dhe agus a bheannachd." Cha toir iad uair sam bith an fhàilte so do dhuine nach buin do 'n chreideamh aca. Ma bheir iad i gun fhios daibh do Chrìosduidh, bheir iad air ais am beanachd an uair a chi iad gu 'n do rinn iad mearachd. Tha iad cho sleamhuinn, agus cho leam-leat 'n an cainnt 's gu 'm faod neach a shaoilsinn gu bheil iad anabarrach farsuing 'n am beachdan, an uair a tha iad ann an da rìreadh cho cumhann ris an uaigh. Chaidh sinn uair còmhla ri fear diubh do aon de na teampuill aca fhéin; bha sinn a' seachas fad an latha mu na puingeann creidimh aig Crìosduidhean is Mohammedanaich; am Biobull agus an Coran, nèamh is ifreann, peacadh is breitheanas, aithreachas is slàinte, roimh-òrduchadh is saor ghràs,—chaidh sinn thairis orra uile, agus a réir choslais, bha sinn cho dlùth d'a chéile 's gu 'n saoilteadh tu gu 'm faodadh an duine a bhi 'na mhinistear ann an eaglais na h-Alba. Ach cha robh ann an sin ach sìobhaltachd an Eiphitich, agus an déidh làimhe dh' innseadh dhuinn gu robh an duine 'n a fhear de na Mohammedanaich a bu chuimhne agus a b' eudmhoire anns a' bhaile.

An uair a tha Crìosd ag ràdh r'a theachd-airean, "Na fàiltichibh neach air bith anns an

t-slighe" cha 'n'èil e ag iarraidh orra dearmad a dheanamh air an càirdean no air an coimh-carsnaich, ach tha e ag iarraidh orra gun dearmad a dheanamh air an teachdaireachd a thug e dhaibh a' liubbairt. Is maith leis a sheirbhisich a bhi bàigheil is sìobhalta, ach is maith leis mar an ceudna iad a bhi air an itheadh suas le eud a thlighe; facal Dhé a bhi 'nan cnàmhan mar theine air chor agus nach h-urraim daibh a bhi sàmhach. Sin a bha e a' ciallachadh leis an fhacal, agus bu mhaith do mhinistearan agus d' an luchd-eisdeachd na 'n cuimhnicheadh iad air, gach uair a bhios iad cruinn ann an tigh an Tighearna. Bhiodh an duine diadhaidh, Mghr. Spurgeon, ag ràdh ris fhéin gach uair a rachadh e suas do 'n chùbaid, gu labhradh e ris an t-sluagh mar gu 'm b' e sid an uair mu dheireadh a cluinneadh iad an soisgeul, agus gu 'n cuireadh e ìmpidh air gach anam cabhag a dheanamh gu bhì réidh ri Dia. B'e sin aon de na h-aobharan gu 'n do bheannaich Dia 'obair cho mhór agus gu robh e 'na mheadhon air uiread de dhaoine a thoirt a steach d'a rìoghachd. Tha iomadh dòigh air searmon a dheanamh agus iomadh cuspair a dh' fhaodas searmonaiche labhairt uime, ach bu chòir do 'n h-uile searmon treòrachadh gu Crìosd, agus àileadh an t-soisgeil a bhi dheth.

Ma e feumail do na teachdairean cabhag a dheanamh agus trompaid an t-soisgeil a shéideadh gus an cluinn na bodhair i, tha e feumail dhaibh-san a dh' éisdeas gun a bhi 'gam mealladh féin no ag ràdh, "Cha 'n'èil fàth cabhaig ann an gnothbhuich ar n-anama; tha ùine gu leòir againn." Sin guth Shatain; aon de na cuilbheartan leis a bheil e a' cur dhaoine a dhìth. Cha do chuir duine riamh roimhe le comhairle shuidhichte gu 'n cailleadh e anam. Ach their daoine riutha fhéin, "Tha ùine gu leòir againn, "An màireach cuiridh mi mo thigh an òrdugh." Ach theid am màireach seachad, is bliadhna an déidh bliadhna, is tha iad mar a bha iad riamh, ach a mhàin gu bheil an cridheachan na 's cruaidhe agus gu bheil an toil na 's luige. Na h-abair riut fhéin, "Tha ùine gu leòir againn"; cuimhnich nach do gheall Dia dhuit ach a' mhionaid a ta làthair, agus mar sin na leig cadal d' ad shùilean gus an gabh thu ri tairgse an t-soisgeil.

AN T-ORAN NUADH.

Tha 'n ceò a' teicheadh as gu luath
A dh' fhàg na speuran dubhach;
Tha 'n t-slighe fàs na 's réidh' gach uair
'S mo cheum tha aotram, subbach;
Ged thùrling trioblaid air mo chridh',
Mar shiantan trom nan gleannaibh,
'S le Crìosd mi—is leamsa Crìosd,
Cò 'n tì le fonn nach seinneadh?



IOSA AGUS PEADAR.

Chronaich e Peadar, agus thubhairt e, Tàr air mo chùlaobh, a Shatain! oir cha'n'eil d' inntinn air nithean Dhé, ach air nithean dhaoine.—Mare viii. 33.

Ged a bha fhios aig Iosa fad na h-ùine gu robh e ri fulang air a' chran-cheusaidh cha d' innis e sin d'a dhèisciobuil gus an robh iad greis mhaith maille ris. Bha eagal air nach tuigeadh iad e ged a dh' innsadh e dhaibh e. Ach air dia an ceasnachadh ann an Cesarea Philippi agus a thuigsinn gu 'n d' fluair iad greim air an fhàirinn gu 'm b' esan am Mesiah is Mac an Dé bheò, smuainich e gu robh an t-àm aige bruidhinn riu gu soilleir mu na nithean a bha air thoiseach air. Mar sin dh' innis e dhaibh cionnus a b' éigin da dol do Ierusalem, agus móran nithean flulang, agus a bhi air a char gu bàs. "Gu ma fada sin uait, a Thighearna, arsa Peadar, eba tachair sin duit-sa gu bràth." Shaoileadh tu nach d' thuir Peadar rud ceàrr air bith, agus tbeagamh gu 'n abramaid uile an ni ceudna na 'n robh sin ann an Cesarea an là ud, ach tha e coltach gu 'n do ghoirtich e cridhe naomh Iosa. oir thionndaidh e air Peadar mar leòmhann agus le corruich dhiadhaidh fbreagair e, "Tàr air mo chulaobh, a Shatain."

Cha'n ainm bòidheach an t-ainm Satan, is cha chliù e do dhuine air bith a ghiùlan, oir thatar a' creidsinn gur e Satan urra as miosa anns a' chruthachadh gu léir, an nàmhaid as guinicie agus as cumhachdaiche a tha aig Dia. An uair a thug Iosa, mata, an t-ainm mosach so do Pheadar—deisciobul air an robh gaol aige—feumaidh e bhith gu robh na briathran a labhair e an dà chuid amaideach is aingidh, eadhon ged nach robh ole air bith ann am beachd Pheadair.

Na 'n robh thu fhéin, a leughadair, maille ri Iosa an là ud agus na 'n cuala tu e ag ràdh gu robh e a' dol suas do Ierusalem agus gu robh e cinnteach gu 'm marbhadh a naimhdean e, ciod a theireadh tu? Ciod a' chomhairle a bheireadh tu air? Tha amharus againn gu 'n abramaid uile rud-eigin coltach ris na thuir Peadar. Theireamaid ris nach robh ann dha ach gòraiche a bheatha a thilgeil air falbh agus i cho priseil do 'n t-saoghal; nach robh ann ach duine òg agus gu robh obair mhór is bheannaichte aige ri dheanamh air thalamh fhatbast; theireamaid gu robh aobhar Dhé a' soirbheachadh fo a làimh agus nach robh neach eile anns an dùthaich a b' urrainn seasamh 'na

'àite na 'n éireadh dad dha; gu 'm b' fheàrr da Ierusalem a sheachnadh gus am fuaraicheadh fearg a naimhdean, agus cùram a ghabhail dheth fhéin—air sgàth a chàirdean. Sin agus móran eile de 'n cheart sheorsa theireamaid ris, gu amharus air bith againn gu robh sinn a' tairgsinn droch chomhairle dha. Ach air a shon sin is e droch chomhairle a bhiodh ann, comhairle Shatain. Abair gu 'n do labhair Iosa mar so an uair a chomhairlich Peadar dha Ierusalem a sheachnadh agus a chronaich e e a chionn nach robh e cùramach gu leòir m'a bheatha,—“Tha sin fìor, a Pheadair, *tha* mo bheatha prìseil dhuibh-se agus do dhaoine eile; ged a bha mi am beachd dol suas do Ierusalem air cheann mo dhleasdanas is obair m' Athar, tha mi an dhùil gu 'n gabh mi do chomhairle agus gu leig mi seachad e, oir bhiodh cumart ann, agus cha bu mhaith leam mo bheatha a chur an cumart.” Ciod a theireadh Peadar ris an fhreagairt sin, an uair a thigeadh e thuige féin? Agus ciod a theireadh tu fhéin ris? Tha sinn làn chimteach gu leònachd e cridhe Pheadair, mar gu rachadh claidheamh a shàthadh ann; dh' fhairicheadh e nach e an duine a shaoil e a bha aige ann an Iosa, agus (rud glé neònach) dh' fhairicheadh e gu 'n do chaill e tomhas mór d'a mheas air a chionn gu 'n do gabh e a chomhairle a thairg e fhéin da. Oir ciod a b' aobhar gu robh uiread gaoil aig Peadar air Iosa? Ciod is aobhar gu bheil urram is gràdh aig an t-saoghal uile dha? Nach e so e,—gu 'n do shaor e daoine eile agus nach saoradh e e-féin, gu 'n do chuir e a bheatha ann an suarachas ann an seirbhis Dhé is dhaoine.

Uile làithean a bheatha bha fhios aige gu 'm b'e Calbhari a cheann-criche; bha fhios aige nach e glòir shaoghalta no urram dhaoine a bha feitheamh air, agus gu 'm biodh e air a dhùneas agus air a chur air chùl le daoine, agus mu dheireadh air a thabhairt suas mar iobairt air son peacadh an t-saoghail. B'e sin toil Dhé d'a thaobh agus dh' aontaich a thoil féin le toil 'Athar, air chor agus ged a bha goirisinn air fheòil roimh fhulangas a' chroinne-cheusaidh, gu 'n do chuir e 'aghaidh, le comh airle shuidhichte, air Calbhari. Anns gach oidhirp a thug Satan air Iosa ré a bheatha, b'e so a bha aige anns an amharc, toirt air Iosa éisdeachd ri guth a ghliocais shaoghalta an àite solus Dhé 'na chridhe féin a leantuinn; toirt air ath-ghoirid a ghabhail agus Calbhari a sheachnadh. Tha cuid de dhaoine an dùil nach robh Iosa air a bhuaireadh ach trì uairean uile gu léir ré a chuairt air thalamh, ach

cha 'n eil sin ceart oir tha facal an Tighearna ag innseadh dhuinn gu robh e air a bhuaireadh anns na h-uile nithean air an dòigh cheudna ruinne, agus tha e ag innseadh dhuinn cuideachd gur ann *car tamuill* a dh' fhàg an diabhl e an uair a chrìochnaich iad gleachd an fhàsaich. Cha 'n fhàg an diabhl duine air bith air son ùine fhada; ni siune dearmad air ar n-obair glé thrì ach cha dean esan dearmad air 'obair fhéin; éirigh e moch is luidhidh e annoch los a chothrom fhaotainn, agus ma dh' fhàg e thu bi cinnteach gur ann car tamuill agus gu 'n tig e air ais an uair nach saoil thu. Ach ged a bha Iosa air a bhuaireadh tuilleadh is trì uairean faodar so a ràdh gu bheil na trì buairidhean ud anns an fhàsach 'n an dealbh air càch, oir mar a thuirt sinn cheana, b'e an buaireadh sònruichte a lean Iosa rè a bheatha, comhairle dhaoine a ghabhail an àite comhairle Dhé; rathad furasda goirid a ghabhail agus e féin a shaoradh an àite rathad fada duilich agus e féin ìobradh. Thàinig e do 'n t-saoghal a chosnadh rioghachdan an t-saoghail d'a Athair; a dh' aon ruith choinnich an diabhl e leis an tairgse gu 'n tugadh esan na rioghachdan sin dha na 'n deanadh e aoradh dha. "Tar aig mo chulaobh, a Shatain," thubhairt Iosa, ach ged a thubhairt lean an buaireadh so e uile làithean a bheatha, a' tighian thuige ann an aon riochd an dràs agus ann an riochd eile a ris. Agus a nis ann an Cesarea leum am buaireadh ceudna air an uair nach robh dùil aige ris; air a chur 'na charaibh le fear d'a dhaoine fhéin; le aon de na deisciobuil a b' ionmhuiine leis; le duine as an do rinn e uail beagan roimhe sud, ag ràdh, "Is beannaichte thusa, a Shimoin; oir cha d' fhoillsich fuil no feòil sin duit ach m' Athair-sa a ta air nèamh." An iognadh gu robh Iosa air a chur mu 'n cuairt, agus gu 'n do thionndaidh e air Peadar, ag ràdh ris ann an teas a chorruich, "Tar air mo chùlaobh, a Shatain"?

Bha an cronachadh geur gun teagamh, ach tha géiread is sòluimteachd nam briathran a' nochdadh dhuinn eud diadhaidh Iosa ann an obair na saorsa; a' nochdadh dhuinn nach robh àite 'na chridhe do fhéinealachd no do ghealtachd. An uair a bha e air a shìneadh air a' chrann-cheusaidh ghlaodh a naimhdean ris, a' magadh air, "Shaor thu daoine eile; saor thu féin a nis ma's urrainn duit." Is tric a thàinig deagh chomhairle á beul amadain; air uairean thig facal fìor o Dhia á beul an aingidh, agus bha e mar sin an là ud; labhair naimhdean Iosa firinn a bu dòimhne na bha iad féin a' tuigsinn, oir is e so fuil-chridhe a' Chreidimh Chrìosduidh, gu bheil Iosa 'na Shlànuighear do bhrìgh nach soaradh e e-féin. Mur biodh e air a thogail suas o'n talamh cha bhiodh e an diugh a' tarruing nan uile dhaoine

d'a ionnsuidh. Cha b'e na tàirngean a chuir na saighdearan 'na làmhain agus 'na chasan a chum air a' chrann e, ach a thoil féin; a thoil féin air a neartachadh leis a ghràdh shiorruidh leis an do ghràdhaich e siune. So, mata, an gràdh leis a bheil e a' cur impidh oirni a nis, oir is ann 'n ar seirbhìs-ne a dh' fhuiling e an crann-ceusaidh; a chum gu 'm biodh sinne a bha fad as air ar toirt dlùth do Dhia; gu 'm biodh sinne a bha 'n ar naimhdean do Dhia le ar droch oibrichean féin air ar deanamh réidh ris tre bhàs a mhuic. O, nach cruaidh an crìdhe nach toir suim do ghràdh iongantach an t-Slànuigheir, agus nach uamhasach an peacadh e tàir a dheanamh air an fhuil naoimh. Cha 'n eil cumhachd eile air an t-saoghal coltach ri gràdh Chrìosd; ma dh' fhosgla tu do chridhe dha ni e gach ni ùr is maiseach, is bheil e a steach thu do shaorsa ghlòrmhor cloinne Dhé.

Tha aon leasan sònruichte a bu chòir duinn uile a ghabhail o na briathran so leis an do chraonaich Iosa Peadar, agus is e so e, gur e buaireadh o Shatan a tha ann an guth air bith (eadhon ged bu ghuth do mhathas no do mhàthar e) a chomhairlicheas duit dol an aghaidh guth an Spioraid Naoimh 'n ad choguis féin. Tha an Spiorad Naomh a' labhairt daonnan ri sluagh an Tighearna, air chor agus nach urrainn iad a ràdh nach aithne dhaibh toil Dhé d'an taobh; ach an uair a thòisicheas iad air dol an aghaidh an t-soluis sin a chionn gu bheil eagal orra gu 'n tugadh toil Dhé iad air slighean nach biodh taitneach do 'n fheòil tha iad a' dealachadh ri Chrìosd agus ag aontachadh le Peadar; ach gheibh iad a mach air an cosdus uair-eigin nach bi sonas no soirbheachadh anns a' bheatha spioradail aig deisciobuil a ghabhas frith rathaidean toirmisete air ghaol an crann-ceusaidh a sheachnadh. "Ma's àill le neach air bith teachd a'm' dhéidh-sa togadh e a chrann-ceusaidh agus leanadh e mi" (*Mata xvi. 24*).

AN T-OLLAMH IAIN MAC ILLEATHAIN NACH MAIREANN.

Le bàs an Dotair Urramaich, Iain Mac Illeathain, chaill Eaglais na h-Alba àrd sgoilear agus duine caomh. Theagamh nach deachaidh 'ainm am fad 's am farsuingeachd anns an eaglais mar a chaidh ainm iomadh ministear eile nach b' airidh air a bhrògan a ghiulan, ach mur deachaidh, b'e an t-aobhar nach bu duine e a shéideadh trompaid roimhe fhéin no a thogadh a ghuth air an t-sràid.

Rugadh e ann an eilean Thiriodh, far a bheil na tha a làthair d'a chuideachd a' fuireach, agus far am b' àbhaist da beagan sheachd-

uinnean a chur seachad a h-uile bliadhna. Gu là a bhàis bha e cho Tirisdeach ri caraid a' Chuairteir; 'na chainnt, agus 'na dhòighean, agus eadhon gu ruig a choiseachd.

M 'an deachaidh e do eaglais Chalum-chille an Glaschu bha e ann an Cill-Chomain an He agus anns an Tairbeart, sgìrean Gàidhealach far an d' fhuair e ùine is cothrom air bunaitean a sgoilearachd a leagail, bunaitean air an do lean e air togail am measg straihlich a' bhaile mhòir. Ach rud glé iongantach, cha robh calain idir aige air toradh a sgoilearachd a thoirt d'a choimhthional; cha bu sgrìobhaiche e a b' urrainn nithe nuadh a agus sean a thoirt a mach as 'iomhas. Dh' fhaodadh tu an Dotair Mac Illeathain a chluinntinn a' searmonachadh fichead uair, gu sònruichte ann an Gàidhlig, agus gun a thuigsinn gu robh dad 'na cheann seach an còrr de 'n chléir, no gu robh eòlas aige mu leabhraichean a' Bhiobull nach robh aige mòran. Is e so fàilinn nach 'eil ceangailte ri daoine am bitheantas; ni iad a' chuid as motha de 'n bheagan eòlais a tha aca agus cuiridh iad anns an uinneig stuth nach 'eil idir anns an stòr. Ach cha b' ann mar sin a bha an Dotair; cha robh ach glé bheag d'a bhatharsan anns an uinneig ach bha an stòr làn cho làn agus gu 'm bu chall mòr e do 'n eaglais nach robh calain aige air fhiosrachadh is toradh a sgoilearachd a thoirt seachad do dhaoine eile. Tha sinn an dùil gu 'm b' e so an t-aobhar,— gu robh e a' gleidheadh an dà ni air leth o chéile, a shearmonachadh agus a chnuasachadh air nithean eile. Tha cuid de dhaoine ann nach urrainn sin a dheanamh; tha an inntinn, mar gu 'm b' eadh, de aon phios agus cuiridh na beachdan a tha aca mu aon chuspair dath air na beachdan a tha aca mu chuspair eile. Ach b' urrainn an Dotair a dheanamh; ann an aon seòmar d'a inntinn bha obair na sgoilearachd a' dol air a h-aghaidh agus ann an seòmar eile obair nan searmon, ach bha glas is iuchair air na dorsan agus cha robh dol no tighinn eadar na seòmraichean. Mar a thuir sin cheana, bu chall do 'n eaglais so, agus cha bu bhuannachd do 'n Dotair fhéin e, oir bhiodh a shearmonachadh agus a labhairt na b' fheàrr na 'n do chleachd e dha fhéin ann an tùs a làithean feum a dheanamh anns a' chubaid d'a leughadh agus d'a fhiosrachadh. Cha 'n 'eil so a' ciallachadh nach robh e 'na shearmonaiche maith; bha e 'na shearmonaiche fleanta am Beurla 's an Gàidhlig, agus rud nach 'eil daonnan a' dol an cois na fileantachd, bha grunnid is tuigse 'na chainnt, ach air a shon sin, bhiodh e na b' fheàrr na bha e na 'n do ghabh e an tuagh agus na 'n do bhris é sìos na ballacha-tarsuinn a bha 'na inntinn, a' cumail na diadhachd agus na sgoilearachd o chéile.

Bidh ainm an Dotair air a ghleidheadh air

chluinnidhe gu bràth air son na h-oibre a rinn e air a' Bhiobull Ghàidhlig. Ged a bha am Biobull air a dheagh eadar-theangachadh gu Gàidhlig o chionn fhada bha mearachdan ann; fhuaradh cuideachd seann sgrìobhaichean nach robh aig na ceud sgoilearan a dh' oibrich air, agus air iartas na cuideachd urramaich a ta chum eòlas Criosduidh a sgoileadh air feadh Gàidhealtachd agus Eileana na h-Alba, chuir an dà eaglais, Eaglais na h-Alba agus Eaglais Shaor, buidheann de sgoilearan maith air leth, a chum an Biobull eadar-theangachadh as ùr. Ghabh an obair ùine mhór agus cha 'n 'eil gin de na daoine sin a làthair an diugh. An toiseach bha an Dotair MacLachainn an Dunéideann; an Dotair Camshron an Arain; an Dotair Mac A' Chléirich an Cill-mhàilidh; an t-Ollamh Mac Fhionghain an Dunéideann; is sgoilearan ainmeil eile ag obair air; ach m' an do chrìochnaich iad an Tìomnadh Nuadh stad an obair car greis a chionn nach robh iad uile gu léir a' còrdadh. An ceann bhliadhnaichan thòisicheadh a ris, agus anns na bliadhnaichan mu dheireadh (na bliadhnaichan anns an do rinneadh an Seann Tìomnadh) cha robh air am fàgail ach an Dotair Mac Leòid an Inbhirnis; an Dotair Blàrach an Dunéideann; an Dotair Deòireach an Ceann-a-ghiuthsaich; agus an Dotair Mac Illeathain an Glaschu. B' ann air an Dotair Mac Illeathain agus air an Dotair Deòireach a thuit an obair uile gu léir; an Dotair Mac Illeathain, d' am b' aithne Eabhra cho mhaith ri Rabbi, a' deanamh an eadar-theangachaidh agus am fear eile a' ceartachadh na Gàidhlig. An dràs d' s a rithist bhiodh coinneamh aca, ach ma 's fiòr na chuala sinn, cha robh dad a' tachairt aig na coinneamhan sin ach gu 'n aontaicheadh càch ris an atharrachadh a theireadh an Dotair Mac Illeathain a bu chòir a bhì air a dheanamh. B' aithne dhàsan Eabhra mar nach b' aithne dhaibh-san, agus mar sin leig iad a shìubhal leis, ach a mhàin gu 'n abradh Tormod Mac Leòid ris air uairean, "As uchd mhaithis na h-atharraich am facal ud no am facal ud eile, ma ghabhas e deanamh." Ann an 1902 bha an obair crìochnaichte; bha am Biobull ùr air a chlà-bhualadh agus air a leagail air bòrd an Ard-Sheanaidh; ach is e glé bheag aire a ghabh an Eaglais deth is glé bheag taing no duais a fhuair an duine iriosal air an do thuit cudthrom a' ghnòthuich.

Cha 'n 'eil là anns a' bhliadhna nach 'eil sinn a' sealltuinn thairis air pios air chor-eigin de obair an Dotair anns a' Bhiobull Ghàidhlig, agus mar is fheàrr is aithne dhuinn na rinn e is ann is motha ar meas air 'obair. Cha 'n 'eil an t-eadar-theangachadh ùr iomlan — na 'm bitheadh cha b' obair duine e—ach tha e cho ceart 's nach ruigear a leas a dheanamh gu

bràth tuilleadh. Agus faodar a ràdh le firinn nach robh duine eile ann an Albainn a b' fheàrr a dheanamh e na 'm fear a rinn e. Air ar son fhéin dheth is fheàrr leinn Biobull Mhic Illeathain (mar thuirtd bodach Tirisdeach ris) na gach fear eile a tha aig ar làimh.

Bhiodh iomadh duine ag ràdh gur mòr an dìobhail nach d' thug Ni-maith tàlant an sònruichte do 'n Dotair nach robh aige, gu h-àraidh an uair a chunnaic e iomchuidh a chramchur a thilgeadh an measg nan Gàidheal an Glaschu; nach d' thug e dha rud beag de ghliocas na nathrach cho mhaith ri neo-lochdas a' chalumain. Tha e fìor gu robh e sàmhach dùinte, gu mhòran cur-a-mach ann; nach b' urrainn da brosgul a dheanamh ri daoine no an séideadh suas le moladh; nach b' urrainn da leigeil air gu robh gnothuichean a' cordadh ris an uair nach robh; agus gu robh e car fuar a thaobh chùisean anns an robh a luchd-dùthcha anabarrach teth. Tha sin uile fìor, agus theagamh gu 'm biodh obair an Dotair ann an Glaschu cho soirbheachail ann an sùilean dhaoine na 'n robh na bu lugha aige de spiorad na sgoilearachd agus na bu mhòtha de spiorad na marsantachd; ach air a shon sin bu dàna do dhuine air bith a ràdh nach aithne do Dhia a' ghnòthuch, no gu'n do rinn e mearachd an uair a rinn e Jain Mac Illeathain mar a rinn e e. Ach mur do lean e fasain a' mhargaidh ann an obair na h-eaglais, agus mur tug Dia dha dad idir de thàlant an marsantachd (tàlant an dh' fhosglas na sporain na 's fheàrr na dh' fhosglas iad na sgrìobhturan) thug e dha tomhas fialaidh de thàlant an fheàrr; thug e dha ciùine, is irioslachd, is tuigse; gaol na firinn, is coguis mhaoth. Bha e 'na dhuine cho coguiseach 's a b' aithne dhuinn riamh; rud air bith a bha e a' creidsinn gu 'm b'e a dhleasdanas a dheanamh dheanadh e e ged a bhiodh e fada fada an aghaidh an ranna leis. Is ann do Dhia a mhàin is léir an cridhe, ach o'n taobh a muigh bha an Dotair caomh cho saor de lochd 's gu'n tugadh e dùlain do Shammai no do Shatan fhéin an corrag a chur air, no a dhearbhadh air gu'n do bhris e litir an lagha. Eadhon ann an seachas aig taobh an teine far nach àbhaist do dhaoine am briathran a thomhas mar a thomhseas iad iad ann am follais, agus far an abair iad rud mu chàirdean agus mu eòlais nach bu mhaith leò a ghlaodhach air mullach an tighe, cha chuala sinn riamh an Dotair Mac Illeathain ag ràdh facl guineach no ceàrr no magail mu dhuine eile; bha lagh a' choibhneis 'na chridhe is faiceall air a bhilean.

Bha gràin uamhasach aige air dà ni, leis is meud-mhòr; bha e duilich dha maitheanas a thoirt do dhuine air bith, ach gu sònruichte do oileanaich Ghàidhealach, anns an robh na

fàilingean sin. Cha robh dad dhiubh ann fhéin; bha e eadhon saor is leòm nan Leathanach. Uabhar, is spagadaglog, is bostruinn eile de 'n t-seòrsa sin, cha d' thàinig iad riamh 'na chridhe. Cha robh boinne de 'n leisg 'na choluinn; a Luan 's a Shathurna, maduinn is feasgar, chitheadh tu e air sràidean Ghlaschu, air cheann a dhleasdanas; agus an uair a bhiodh càch 'nan cadal bha e ag obair am measg a leabhraichean. Uair a bha e ann an Tìriodh aig an Fhaidhir Shàmhradh agus daoine a' saoilinn gu robh e a' leigeil a sgìths agus a' gabhail fois mar a bha iad fhéin, bha an Dotair ag oibreachadh trì uairean deug a h-uile latha air a' Bhiobull Ghàidhlig.

Ged nach saoiladh tu gu robh àbhacas idir ann bha e làn dheth, an uair a bhiodh e am measg dhaoine òga a chòrdadh ris. Bu toigh leis a bhì tarruing á daoine sònruichte a bha e fhéin a' tuigsinn gu maith, agus cha 'n'eil fughair againn gu 'n cluinn sinn gu bràth dibhearsoin eile as aighearaiche na tàthagan is tuathagan an Dotair oidean a bha sinn còmhla ris ann an tìgl ar caraid le chéile, an t-Ollamh Mac Fhionghain ann an Dunéideam. An uair a gheibheadh e gréim air fear sònruichte no dhà de mhinistearan Gàidhealach aig àm an t-Seanaidh, agus a thòisicheadh e air a shocair fhéin air tarruing asda bheireadh e gàire air gamhuinn.

Tha e 'na thoileachadh dhuinn clach a chur an càrn an duine chaoimh oir bha meas mór againn air. A chionn gu robh gibhtean sònruichte a dhìth air (agus sin na gibhtean as suaraiche) cha d' fhuair e riamh an t-ìubhe no an soirbheachadh follaiseach anns an eaglais a thoill e; ach mur d' fhuair tha fhios aig na h-eòlais gu robh e mar dhuine agus mar mhinistear fada fada air thoiseach air diadh-àirean eile anns an eaglais a b' ainmeile na e. Bha e 'na dhuine ceart ionraic; choimhead e na h-àitheantan o 'òige cho fada 's a bu léir do dhaoine, ach a mhàin aon té, an àithne a tha ag iarraidh air daoine gun an lòchran a chur fo shoitheach agus leigeil le an solus dealrachadh. Bha lòchran an Dotair fo shoitheach air chor agus nach b' aithne do mhòran doimbneachd a sgoilearachd no farsuingeachd 'eòlais. Dhioghlaim e ann an achaidhean às nach d' thug ministearan eile dias riamh. Ach mur faigheadh tu sin a mach air do shon fhéin cha chluinneadh tu e o'n Dotair. Cha b' ann air ghaol urram fhaotainn o dhaoine a chruinnich e na bha aige de eòlas, no air ghaol leabhar a sgrìobhadh, ach air gbaol an eòlais fhéin. Ach chaidh sin uile de 'n uaigh maille ris, agus cha 'n urrainn a chàirdean gun a ràdh gur mòr an dìobhail nach d' fhàg e carragh-chuimhne as maireannaiche air a sgoilearachd na beul-aithris a ghineil agus a cho-aoisean.





BEANNACHADH NAN OGHACHAN.

Gu'n deanadh Dia, an làthair an do ghluais m' aithrighan Abraham agus Isaac, an Dia a bheathaich mi ré mo bheatha uile gus an là 'n diugh, an t-aingeal a shaor mi o gach ole na h-òganaich a bhannachadh agus ainmichear m' ainm-sa orra. — Genesis, XLVII., 15-16-

Is sealladh sòluimte e da-rèradh an uair a cluinnicheadh teaghlach do'n t-seòmar anns a bheil an athair air leabaidh a bhàis gus a bheannachd fhaotainn m' am fàg e an saoghal. An uair a bha Iacob a' tighinn dlùth do'n chrìch thug Ioseph leis a dhà mhac a chum gu'm beannaicheadh an seanair iad, m'an tilgeadh e an deò, oir bha Ioseph a' creidsinn (agus aontaichidh gach duine cneasda ris) gu bheil éifeachd air chor-eigin ann am beannachd sheann daoine a tha glic is diadhaidh.

Cha bhiodh e fìor a ràdh gur e Iacob duine a b'fheàrr gu moralta a thàinig air a dhaoine, ach gun amharus b'e duine a b'fheàrr ceann a thàinig orra. Ann an iomadh dòigh bha Ioseph 'na dhuine a b' fheàrr na 'athair, is e sin r'a ràdh, bha barrachd de choslas an Tionnaidh Nuaidh air, agus theagamb cuid-eachd nach robh e gu nàdurra cho saoghalta ri 'athair; ach a thaobh eòlais is gleustachd cha robh ann an Ioseph ach am pàisde làimh ris an t-seann duine. Aig aon àm d'a bheatha cha b'urraim eadhon a phàrantan a bhi cinnteach ciamar a bha Iacob a' dol a thiomhadh a mach; cha b'urraim daibh a thomas co d'biu a bhiodh e 'na dhuine fìor mhaith no 'na dhuine fìor aingidh; co d'hiu a bhiodh e le Dia no an aghaidh Dhè, oir bha am maith agus an t-ole air an amladh m'a chèile ann an doigh iongantach, agus bu duilich a ràdh cò d'hiubh a gheibheadh a' bhuidhe. Bha e 'na dhuine sanntach agus 'na dhuine saoghalta, agus cleas an t-seòrsa sin bha e air uairean gun choguis, ach bha dà ni shòn-ruichte a chum a chasan o shleamhachadh agus 'anam o'n bhàs,—an gaol a bha aige air Rachel agus an sealladh a fhuair e air Dia ann an Luds. Sin an dà ni a shaor e o dhol air seacharan, agus a nis air leabaidh a bhàis sin a bu sheanachas da an uair a thàinig Ioseph 'ga fhaicinn.

Fhuair Iacob làithean fada agus bha a bheatha air a lionadh le maitheas agus tròcair an Tighearna, ach an uair a thòisich e air a thròcairean a chunntas thionndaidh a chridhe agus a chuimhne gu Rachel, a' labhairt uimpe le guth crìtheanach agus ag inuseadh do Ioseph

mar a dh' adhlac e i air an t-slighe gu Ephrat. B'e an rud eile air an do bhruidhinn e r'a mhac an là ud, am foillseachadh a thug Dia dha air Féin ann an Luds, ag ràdh ris, "Feuch ni mise sìolmhor agus lionmhor thu, agus bheir mi am fearann so do d'shliochd a'd' dhéidh mar sheilbh shiorruidh." Gum fhios daibh féin bidh smuaintean sheann daoine gu tric a' dol air ais gu àitean is nithean is daoine ris an robh ceangal aca ann am làithean an òige; an uair a thòisich Iacob, is e dlùth do'n bhàs, air meòmhrachadh air na làithean a dh' aom agus air na nithean a bha 'n am beatha d'a anam thriall a smuaintean gu dà àite, Ephrat is Luds, Ephrat an t-àite anns an do thiodhlaic e a bhean agus Luds an t-àite anns an do shaor Dia 'anam.

Agus bha sùilean Israeil trom le aois, air chor agus nach bu léir dha, ach thuir Ioseph ris, "So mo mhic-sa, a thug Dia dhomh an so." "Thoir a'm' ionnsuidh iad," fhreagair 'athair "agus beannaichidh mi iad; gu'n deanadh an t-aingeal a shaor mi o gach ole na h-òganaich a bhannachadh." A ris tha smuaintean an t-seann duine a' dol air an ais gu Luds, oir is ann air an fhiosrachadh sin a bha e a' smuainicheadh an uair a thug e tarruing air an aingal a shaor mi o gach ole, aingal a' Chùmhinanta a thàinig thuige, agus e air faondradh, le teachdaireachd shòlasach, "Feuch tha mise maille riut, agus gléidhidh mi thu anns gach àite d'an téid thu, oir cha tréig mi thu, gus an dean mi an ni sin a labhair mi riut." Tha ainglean Dhè a' tighinn gu daoine an diugh fhathast mar a thàinig iad thuca ann an òg-mhaduinn an t-saoghail ach cha'n fhan iad fada maille riu. Tha sinn uile cho làn de pholl is de eabar an t-saoghail 's gu'm biodh trusgain gheala nan ainglean air an salachadh le bhi coiseachd uaille ruinn; mar sin cuiridh ar peacaidhean teicheadh orra. Gun amharus tha nèamh dlùth do chridheachan òga agus do chridheachan glan; ach an uair a dh' itheas daoine de chraoibh eòlais a' mhaith agus an uile, anns an là sin fàgaidh na h-ainglean iad agus tuitidh tiugh-dhorchadas orra, air chor agus na nithean a chunnaic iad aon uair nach fhaic iad iad na's mò. Mar a thuir sinn cheana bha iomadh fàiling ann an Iacob, agus mur bitheadh gu robh e air a thoirt fo chumhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich ann an Luds bhiodh e gu buileach air a bheò-ghlacadh le peacadh is saoghaltachd, ach do bhrìgh gu robh e fo chumhachd eagal an Tighearna lean an t-aingeal e gun sgar (dh' fhàgadh e e air uairean ach thigeadh e air ais), 'g a shaor-

adh o gach ole. Agus a nis an uair a tha e a' fàgail an t-saoghail, agus a fàgail beannachd aig clann a mhic cha b'urrainn da smuaineachadh air guidhe dhaibh a b'fhearr na'n guidhe ud, "Gu'n deanadh an t-aingeal a shaor mi o gach ole na h-òganaich a bheannachadh." Mar so thog an seann duine fhianuis air taobh an Tighearna a bha cho caomhail is gràs-mhor ris, agus faodar a bhi cinnteach nach dichuimhnicheadh na balaich uile làithean am beatha na chunnaic agus na chual iad o'n seanair air leabaidh a bhàis, agus gu robh e 'na mheadhon air an cridheachan aomadh ri Dia ann an làithean an òige. Tha aon ghineal a' siubhal air falbh agus gineal eile a' tighinn 'na h-àite, agus is freagarrach an rud e do sheirbhisich aosda an Tighearna comhairle, is rabhadh, is eòlas na slighe a thoirt do'n òigrìdh a tha iad a' fàgail 'n an déidh.

Cha b' ann le cion fradhaire ach 'na cheart deòin a chuir Iacob a làmh dheas air ceann Ephraim agus a làmh chli air ceann Manasèh, a' toirt an toisich do'n fhear a b' òige. Dh' fheuch Ioseph ri làmhan 'athar atharrachadh a chum gu'm faigheadh Manasèh beannachadh a' cheud-ghin, ach dhiult Iacob oir bha fhios aige gu'm biodh Ephraim na bu mhotha na bhràthair. Bha sin folaichte air Ioseph, ach bha a sheann athair fada 's a' cheann agus thuig e gné is nàdur nam balach na b' fhearr na thuig an athair, agus mar sin chuir e am fear òg air thoiseach air an fhear eile.

Tha an nì ceudna so a' tachairt oirm gu tric anns a' Bhiobull,—am mac is òige air a roghnachadh an àite a' mhic is sine. Bha Abel air a chur air thoiseach air Cain; Isaac air thoiseach air Ishmael; Iacob air thoiseach air Esau; Ioseph air thoiseach air Reuben; agus Daibhidh air thoiseach air a bhràithrean uile. Tha so a' ciallachadh nach ruigear a leas feuchainn ri fasain an t-saoghail a sparradh air Dia, no oighreachd nan gràs a riaghladh le laghanau dhaoine. Le lagh an t-saoghail is e am mac as sine oighre 'athar co dhiu a tha no nach 'eil e airidh air; sin an lagh agus cha 'n urrainn briteamh no siorram atharrachadh ged a tha fhios aca gu bheil e air uairean gu maith cam is cruaidh, ach cha 'n'èil Dia air a chumhannachadh anns an dòigh sin; *bheir esan an oighreachd do'n neach a tha airidh oirre.* Sin a tha taghadh no luigheasachadh a' ciallachadh. Cha'n'èil claon-bhàigh aig Dia ri neach seach a chéile, ach is aithne dha gné is nàdur a a chéile, ach is aithne dha gné is nàdur a chloinne agus gairmidh e cuid diubh gu sochairan is ticdhlacan a shealbhachadh nach 'èil càch a' faotainn, a chionn gu bheil fhios aige gu'n dean iad feum de'n oighreachd agus gu'n cuir iad air adhart a rùintean anns an t-saoghal. Tha breith an Tighearna daonnan

cothromach, agus is e *airidheachd* an t-aon nì air an seall e. Cha'n'èil e a' gabhail ri pearsa seach a chéile, ach anns gach cinneach tha am fear air am bheil eagal-san, agus a tha ag oibreachadh fireantachd, taitneach leis. Cha'n'èil ach glé bheag anns a' Bhiobull mu thaghadh gu neamh no gu ifreann; is ann daonnan mu thaghadh *gu sochair*, no *obair*, no *dreuchd* air chor-eigin a tha e a' labhairt, agus tha an taghadh sin air a dheanamh air bhonn airidheachd, am mac as òige air uairean a' faotainn na h-oighreachd a bhéireadh an saoghal do'n mhac a bu shine.

Ghabh Iacob ri clann a mhic mar gu'm bu chlann da féin iad, agus ann an eachdraidh Israeil an déidh làimhe bha na ceart shochairean aca a bha aig bràithrean an athar. Tha sgoilearan Iudhach ag ràdh gur e sin an duais a thug a dhaoine fhéin do Ioseph air son na seirbhis a rinn e d'a theaghlach agus d'a dhàimhich anns an Eiphit. Ma tha aingidheachadh nan aithrichean air a fiosrachadh air a' chloinn tha fireantachd nan aithrichean air a fiosrachadh orra mar an ceudna. Tha daoine òga an diugh glé thogarrach gu hhi a' cur coire an peacaidhean féin air an athair, no air am màthair, no air an seanair,—air na daoine o'n d' thàinig iad. Their iad riut gu' bheil gach droch iarrtus a tha 'n an cridhe, an laigse a tha 'n an toil, agus am peacadh a tha gu furasd ag iadbadh umpa a' tighinn orra leis an dùchas, agus nach 'èil iad cunntachail air an son na's mò na tha iad cunntachail air son cumadh an sróine no dath am fuil. Tha tomhas de'n fhìrinn ann an sin; gun amharus tha peacaidhean sònruichte a' ruith ann an teaghlachan mar a tha a' chaitheamh no an galair-cléibh. Ach ged a tha, cha'n'èil an fhìrinn uile ann an gearan na h-òigrìdh, oir feumar a chuimhneachadh gu bheil an dùchas a' toirt thugainn *maith nach do choisinn sinn* cho cinnteach ri *ole nach do thoill sinn.* Cha'n'èil cothrom againn leudachadh air an smuain so an dràs; ach a thaobh an dùchais uile gu lèir faodar a ràdh gur rud e nach bu chòir do phàrantan a *dhichuimhneachadh*, no do chloinn a *chuimhneachadh.*

"Ainmichear m' ainm-sa orra, agus ainm m' aithrichean." Ciod a bha Iacob a' ciallachadh leis an fhacal sin? Bha so; mar gu'm biodh e air son cumhachan a chur air na balaich gun an dachaidh a dheanamh anns an Eiphit, ach an crannchur a thilgeadh maille ris an t-sìol o'n d' thàinig iad. Dh' fhaodadh mic Ioseph fiughair a bhi aca ri inbhe mhàith fhaotainn anns an Eiphit, air sgàth an athar; nìd chombhfhurtachail a dheanamh daibh féin innte; ach b' fhearr le'n seanair iad a dheanamh mar a rinn Maois, a dhiult a bhi air a ghairm 'na mhac do nighinn Pharaoh agus a roghnaich

ole fhulang maille ri sluagh Dhé roimh shòlas a' pheacaidh a mhealtaim ré seal. Chreid Jacob Dia; bha e cinnteach nach rachadh e an cois a' gheallaidh a thug e dha gu'n tigeadh sluagh taghta bhuaith a bha ri obair mhòr is bheannaichte a dheanamh air an talamh, sluagh a bha ri bhì eudùr air taobh Dhé le eud diadhaidh, agus mar sin dh' iarr e air clann a mhic glòir shaoghalta na h-Eiphit a chur as an sealladh agus an cuibhrionn a ghabhail am measg sluagh an Tighearna. "Ainmichear m' ainm-sa orra"; mar gu'n abradh e riu, "Thigibh a mach as an meadhon agus bithibh dealaichte."

ANNS A CHATHAIR.

Ann an soisgeul Eoin tha e air a ràdh na'm bitheadh na nithean a rinn Iosa air an sgrìobhadh uile nach cumadh eadhon an saoghal féin na leabhraichean rachadh a sgrìobhadh. Bha iomadh nì air a sheanchas am measg nan deisciobul ann an Galile nach d'fhuair àite anns na soisgeulan, agus ged nach 'eil dad ùr no iongantach anns na leanas faodar gabhail ris mar naigheachd o neach a bha 'na fhear-leanmhuinn air Iosa. So mar a tha an naigheachd air a cur sìos anns an leabhar a sgrìobh an duine gur ainm.

"Thachair Sadac orm a' tighinn a mach as a' bhaile. 'Tha Iosa,' arsa esan, 'an déidh einn dhaoine a chur troimh-chéile leis na tha e a' deanamh de bhruidhinn mu *Rìoghachd* air chor-eigin a tha ri bhì air a cur air chois. An innis thusa dhòmhsa ciod a tha e a' ciallachadh."

"Tha a' cheart rìoghachd a shearmonaich an Baisteach, rìoghachd Dhé."

"Am Baisteach!" arsa Sadoc, "cò a bheireadh géill dhàsan; cha robh ann ach duine air a' chuthach, duine a bhiodh a' dol mu'n cuairt dearg-rùisgte?"

"Cha chuala mise fhathast," fhreagair mi, "teagasg Iosa mu'n rìoghachd so, ach tha daoine ag ràdh gur duine làn gliocas e."

"Ciamar a bhiodh gliocas aig a leithid-san," arsa Sadoc; "nach mac saoir e agus nach saor e fhéin?"

"A bheil thu an dùil," thuirt mi ris, "nach toir Dia gliocas do shaor cho mhaith 's ged a bhiodh e air a theagasg le Hillel no le Ganaliel."

"Chuir so an fhearg air, agus fhreagair e gu frionasach. "Tha mi a' faicinn nach fhadagus ann bi thusa cuideachd le Iosa; agus leis an rìoghachd so air a bheil e daonnan a' bruidhinn. Chuala mi gu bheil Nicodemus leis cheana; cha 'n 'eil teagamh nach innis esan duit uime."

B'e fear de sheanairean nan Iudhach a bha

ann an Nicodemus, duine glic sàmhach, is duine ceant a bha cho onarach ris a' ghréin. Chuir mi romham, mata, gu rachainn far an robh e.

"A bheil e fìor," thuirt mi ris, "gu bheil sibh 'n'ur deisciobul aig Iosa?"

"Co a dh' innis sin duit?" arsa esan

"Dh' innis Sadoc," fhreagair mi.

"Cha 'n' eil ann an Sadoc ach an daor bhumalair," thuirt Nicodemus, "ach air a shon sin cha bu cheum air ghàig leamsa Iosa a leantuinn na'n robh mi na b' òige na tha mi agus na'n robh na bu lugha agam ri dheanamh, oir tha mi làn chiunteach gu bheil eòlas an t-saoghail spioradail aige agus gur ann o Dhia a tha e."

Thuirt mi ris gu robh e a' tighinn fodham fhéin Iosa a leantuinn

"Dean sin," arsa Nicodemus, "agus gu robh Dia maille riut. Tha thusa òg agus tha e na's fhasa do'n òigrìdh cuingean an t-saoghail a chur dhiubh na tha e do sheann daoine; na'n robh mise aig d'aois-sa agus gun a bhì a'm' Fhear-riaghlaidh ann an Israel leanainn fhéin e."

Chaidh mi maille ri Iosa bhaile gu baile, agus e a' searmonachadh na rìoghachd agus a' leigheas dhaoine tinne. Cha 'n fhaca mi rianh e ag uisneachadh cuilbheartan nan druidhean no a' deanamh orthachan no ubagan; cha deanadh a ach a làmhan a leagail air na daoine a bha a' fulang, agus a dh'aon ruith dh' fhalbhadh am pian is gheibheadh iad fois. Ged nach robh làmhan mòr air bha iad làidir, meuran fada bòidheach, agus air dhòigh air chor-eigin bha éifeachd annta gu daoine a bheannachadh; an uair a leagadh e iad air do ghualainn bha sin a' cur sìth is fois nach gabh innseadh ann ad chridhe. Dh' fhairich mise so annam féin. Latha a bha mi a' coiseachd maille ris agus mi sgèth fann chuir e a làmh air mo ghualainn, agus feuch thàinig beatha is neart ùr annam. Mhothaich mi cuideachd gu robh dath eile air an t-saoghal an uair a bhithinn ann an cuideachd Iosa, gu robh na speuran na bu ghuirme, a' ghrian na bu bhlàithe, agus na flùraichean fhéin na bu bhòidheche.

Ged a bu bheannaichte an obair-leighis a rinn e b' fheàrr leam a theagasg, oir bhia a theagasg a' toirt air falbh uallaichean a bu truime na galair air bith, agus gu sònruichte a theagasg mu Dhia, ar n-athair nèamhaidh. Chuir an creideamh Iudhach cuing uamhasach air amhaichean dhaoine. Cha b'urrainn do dhuine caomh no ceart meas idir a bhì aige air an Dia a bha na Rabbaidhean a' foillseachadh do'n t-sluagh; Dia nach robh usal no faireachdail; Dia aig an robh claon-bhàigh ri cuid d'a chreutairean a dh'aindeoin olcas am beatha, agus aig nach robh suim do chuid eile d'a

chloinn a dh'aindeoin ionracas an cridhe; Dia a bha gun sgar air farchluais, mar gu'm b'eadh, a dh'fheuchainn an glacadh e daoine ann an coire no ann an cionta; Dia a bha 'na mhaighstir cho cruaidh 's nach b'urrainn clann daoine a thoileachadh no a riarachadh. Sin an Dia a bha na Rabbaidhean a' tairgsinn duinn, ach is e na rinn iad dhòmhsa, gu robh fuath ann am chridhe do Dhia; theirinn rium fhèin nach lùbainn mo ghluin da gu bràth. Ach an uair a chuala mi Iosa a' labhairt mu ar n-Athair air nèamh thàinig solus is saorsa thugam; cha b'urrainn domh gun a chreidsinn oir labhair e mu ni a b' aithne dha. Labhair e mar gu'm b'urrainn do na h-uile dhaoine eòlas a bhì aca air Dia, ma tha tart 'n an anam an geall air; gu'm faodadh clann, is bochdan, is daoine gun sgoil, seadh gach anam beò aithne a bhì aca air an Athair air nèamh. An uair a labhair e mu ghràdh Dhè bha fhios agam gu robh gach facal a thubhairt e fìor; bha a bhriathran cho simplidh soilleir is bha mo chridhe a' togail fianuis air an taobh.

Cha do chuir e ioghnadh orm gu'm b'fheàrr leis an t-sluagh a mhòrbhuilean na theagasg, ach feumaidh mi a ràdh gu'n do chuir e ioghnadh mòr orm gu robh na deisciobail de'n iuntinn cheudna. B' fheàrr leò a bhì 'ga fhaicinn a' tilgeadh a mach dheamhan agus a' feigheas bhacach agus dhal, seach a bhì ag èisdeachd ris a' labhairt mu Dhia, agus ag innseadh dhaibh nach robh Dia ag iarraidh orra ach a chèile a ghràdhachadh eadhon mar a ghràdhaidh e-fèin a chlann uile.

Ann an Galile fhuair mi eòlas air luchd-leanmhuinn Chrìosd agus chunnaic mi an caitheamh-beatha. Bhitheamaid a' seachas mu theagasg ar Maighstir, ach glé bhitheanta cha bhitheamaid a' cordadh; cuid againn a' gabhail a theagaisg ann an aon dòigh is cuid ann an dòigh eile. Cha robh aon diubbh, ach a mhàin Nataniel, a dh' aontaicheadh lean-sa. An uair a bhiodh Iosa féin maille ruinn bha a h-uile ni gu maith; bha sinn cho rianail gràdhach ri clann na h-aona mhàthar, agus ged a bhitheamaid air uairean a' cur an aghaidh beachdan càch a chèile bha sinn 'g a dheanamh sin gu rèidh ciallach; cha chuireadh an dara fear olc as leth an fhir eile; a chionn an robh sinn uile 'n ar càirdean dhàsan bha sinn 'n ar càirdean do chàch a chèile. Bha companas Iosa mar gu'm biodh e a' toirt am follais gach ni a b' fheàrr 'n ar cridheachan, air chor agus gu robh droch-amharus, is fuachd, is cumhannachd air an tilgeil a mach asda. Rud glé neònach bha Iosa a' tàladh thuige daoine de na h-uile seòrsa; daoine air nach robh dad d'a choslas féin. B' eu-coltach ris a' Mhaighstir chaomh Mata no Iudas, ach lean iad le chèile e.

Bha Mata 'na dhuine cruaidh tioram; daonnan a' cur cudthrom air litir an lagha, agus carmaol is mall 'na inntinn. Ghabhadh e ùine mhór a dheanamh suas 'inntinn air rud saan bith; chagnadh e a bheachdan fhéin is beachdan dhaoine eile mar gu'm biodh mart a' cnàmh a cir. Cha b'e sin do Iosa féin. Bha an rathad soilleir dhàsan daonnan; cha robh e ann an teagamh mu ni sam bith, oir cha 'n e mhàin gu'm b'aithne dha an fhìrinn, ach b' e féin an fhìrinn. A fhaobh Iudais bha esan cùideachd 'na dhuine a bha duilich a thuigsinn, ach lean e Iosa agus ghabh Iosa ris. Bha an còrr de na deisciobuil gu maith neo-chùramach mu airgid agus mu an aran Iàthail, ach cha b'ann mar sin a bha Iudas. Is minic a bha feum aig càch gu robh e na bu chrionna na iad féin agus gu robh e a' sealltainn roimhe. Na'n cosgadh aon air bith againn barrachd 's a bu chòir da, cha ruigeadh e a leas dol gu Indas a dh' iarraidh tuillidh. Cha bu leasg leis ar diultadh, suil m' an t-sròin, oir bhiodh e ag ràdh ruinn gu'm bu mhaith an aire cion a bhì air daoine gun sgoim. Ach air a shon sin, bha rud-eigin uasal ann an cridhe Iudais, ged a chaidh e air seachran cho buileach 's a rinn e. An uair a bhruidhneadh e cha b'urrainn duinn gun èisdeachd, ged nach robh e air uairean furasd a dheanamh a mach ciod a bha e a' ciallachadh. Bha a air a ràdh gu robh 'athair ann an seirbhis na Ròimhe, agus gu robh e fhéin, 'na 'òige, 'na ghille-coise ann an lùchairt an Iompaire. Ach co dhiu, bha naimhdeas eagallach aige do'n Ròimh, agus bha e a' feuchainn gun sgar ri Iosa a chomhairleachadh gu ar-a-mach a dheanamh an aghaidh na Ròimhe. Sin mar a thuig esan an rioghachd a bha Iosa a' searmonachadh—rioghachd shaor a chur air chois daibh féin ann an Iersalem agus cuing na Ròimhe a thilgeadh dhiubbh. Cha robh spioradalachd idir ann an inntinn Iudais. Bha gràin anabarrach aig Peadar air Iudas agus bhruidhneadh e ris air uairean gu maith cas, mar nach robh ann ach cù. Bha Peadar car coltach ri pàisde; cha robh e cho fada 's a cheann ri Iudas agus ghabhadh e an fhearg an uair a chluinneadh e Iudas is daoine eil a' labhairt mu chùisean saoghalta nach robh e a' tuigsinn (riaghladh na dùthcha is nithean de'n t-seòrsa sin), ach mur robh e clis 'na inntinn bha e blàth 'na chridhe. Dh' fhuaraicheadh e a cheart cho luath 's a ghabhadh e fearg; cha robh aig Iosa ach suil a thoirt air is thigeadh Peadar thuige fhèin anns a' mhionaid. Bha de ghaol aige air Iosa 's nach dhraigeadh e duine eile a dhol dlùth dha, no rud a dheanamh air a shon ach e fhèin, agus an uair a leigeadh Iosa fhaicinn da gu robh e toilichte leis, b' fheàrr le Peadar sin no ged a gheibheadh e fichead bonn òir.



IOMHAIGH DHE.

Criosd, neach as e Ìomhaigh Dhé.

II. Cor. IV., 4.

Tha am facal Ìomhaigh a' ciallachadh dealbh no coslas; an uair a tha Pol ag ràdh gur e Criosd Ìomhaigh Dhe tha e a' ciallachadh gu robh Dia ann an Criosd, agus mar sin gu'm faodar a ghabhail mar choslas Dhé ann an cruth duine. Cha 'n 'eil Pol 'n a aonar anns a' bheachd so; tha na h-abstoil uile a' teagasg an ni ceudna, agus cha 'n fhaighear anns an Tìomnadh Nuadh teagasg eile air a' chùis ach e.

Faodar dà earrann eile ainmeachadh far am bheil a' cheart fhìrinn so air a teagasg; (*Colos. I., 15*) "neach as e Ìomhaigh an Dé neo-fhaicsinnich, ceud-ghin a' chruthachaidh uile," agus (*Eabh. I., 3*), "neach air dha bhì 'n a dhealradh a ghlòire-san, agus 'n a fhìor Ìomhaigh a phearsa." Cha b' ann as an cinn fhéin a shníomh na h-abstoil am beachd so; cha do liubhair iad dhuinne ni air bith ach an rud a thugadh dhaibh, agus tha an teagasg air a stéidheachadh air facal cinnteach an t-Slanuigheir féin—"esan a chunnaic mise, chunnaic e an t-Athair."

Cha 'n fhaca sinne Dia riamh, agus do bhrìgh gur spiorad Dia tha e duilich dhuinn air uairean smuaineachadh uime mar neach a tha beò is fìor, ach tha sinn an dùil gu'n cuidich-eadh e le daoine Dia fhaicinn agus fhaireachduinn agus a thuigsinn na'n cumadh iad coslas Chriosd fa chomhair sùil an inntinn, gach uair a bhios iad a' smuaineachadh air Dia no ag ùrnuigh ris. Sin an cnap-starra as motha a thaobh ùrnuigh, nach 'eil e furasda do dhaoine fhaireachduinn gu bheil an neach ris a bheil iad a' labhairt maille riù ann an da-rìreadh. Tha e duilich dhaibh fhaireachduinn gur Pearsa Dia, no gu bheil e dlùth, no gu bheil na briathran a tha iad a' labhairt a' ruighinn a chluaise. Ged a tha iad a' leantuinn air ùrnuigh a dheanamh mar dhleasdanas, saoilidh iad air uairean nach 'eil 'n an ùrnuigh ach ghlòidh air thalamh nach 'eil na nèamhan a' cluinntinn; tha e duilich dhaibh làthaireachd Dhe a mhealtuin do bhrìgh nach faca iad riamh le 'n sùil e, agus nach do thuig iad riamh le'n inntinn a bhith iongantach is do-rannsaichte. Ach na'n cumadh iad dealbh Chriosd mar a bha e ann an làithean fheòla fa chomhair sùil an inntinn an uair a bhios iad ag ùrnuigh, theagamh gu'n deanadh sin Dia na bu chinutiche agus na bu dlùithe dhaibh, agus cha rachadh iad ceàrr a thaobh nàdur is buadhan

Dhé le sin a dheanamh, oir is e Criosd Ìomhaigh Dhé.

Is e an ni air am motha feum dlaoine an diugh, gu'm biodh faireachduinn aca gu bheil Dia 'n a Phearsa bheò is dlùth. Their sinn uile gu bheil sinn a' creidsinn ann an Dia, ach faodaidh e bhith nach fheàrrd sinn sin dad. Tha e air a ràdh leis an abstol Seumas gu bheil na deamhain a' creidsinn agus a' criothnachadh. Tha iad a' creidsinn ann an Dia ach a dh'aindeoin a' chreidimh sin tha iad a' fantuinn 'n an deamhain. Cha 'n 'eil an creideamh a' deanamh feart no feum daibh. An ann mar sin a tha ar creideamh-ne ann an Dia? Ciod a' bhuaidh a tha aige 'n ar beatha? No a bheil buaidh idir aige? An rachadh gach ni 'n ar beatha air an aghaidh mar a tha iad a' deanamh, ged a leughamaid maduinn air chor-eigin anns a' phaipear-naigheachd gu robh e air a dhearbhadh gu robh an t-amadan ceart agus nach 'eil Dia ann.

Tha sinn uile a' creidsinn ann an Dia ach ciod a tha sinn a' creidsinn uime? Bho chionn bliadhnanachan thuir sgoilear ainmeil gur e an aon ni is urrainn duine air bith a ràdh mu Dhia, gun a bhì dalma—gu bheil a leithid ann. Cha mhór sin da-rìreadh, agus ma's e siu na's urrainnear a ràdh uime tha sinn an dùil nach fhiaich do dhuine an uiread sin fhéin a ràdh. Bha am fear a sgrìobh an litir a chum nan Eabhruidheach 'n a sgoilear agus 'n a dhiadhair cuideachd, agus cha 'n e mhàin gu bheil esan ag ràdh gu bheil Dia ann, ach tha e a' toirt dhuinn a chliù, *gur e an Tì a bheir duais dhàibh-san a dh' iarras e gu dùrachdach*. Is e sin r'a ràdh, tha e a' foillseachadh nàdur Dhé is dòighean Dhé, air chor agus gu'm biodh barrachd eòlais againn air Dia na gu bheil e ann. Is e naigheachd as fheàrr le clann daoine naigheachd mhaith mu'n Dia ris an bheil gnothuch aca: is e an t-eòlas air am bheil an cridhe an geall eòlas air Dia; is e toiseach is deireadh an ceasnachaidh, Co ris a tha Dia coltach? Sin ceist a bha mac an duine a' feòraich o thoiseach an t-saoghail, agus ann an lànachd na h-aimsir fhreagair Dia i ann am beatha a mhic, a ghabh air féin nadur dhaoine a chum gu'm foillsicheadh e maise is naomhachd na diadhachd anns an fheòil; a chum gu'm foillsicheadh e do dhaoine ann an dòigh a thuigeadh iad gràdh is caomhalachd an Athar air nèamh.

Mar so is e Criosd ùghdarras as fheàrr a tha againn a thaobh nàdur Dhé, tobar an eòlais is cinntiche a fhuair sinn riamh mu Dhia. Gun amharus tha tobraichean eile ann cuideachd;

tha iomadh combarradh anns a' chruthachadh gu bheil firinn is gràdh ann an cridhe an neach a rinn e, ach ged a tha, cha 'n 'eil an fhianuis a gheibhear anns a' chruthachadh no ann am breithneachadh na h-inntinn a thaobh Dhé ach fann is bochd ann an coimeas ris an fhianuis a gheibhear ann an Iosa Crìosd. Tha am facal a labhair e féin fíor, "*Cha tig duine air bith a dh' ionnsuidh an Athar ach tromham-sa.*" Mar gu'n abradh e—Ann an obair a' chruthachaidh, no le breithneachadh na h-inntinn théid aig daoine air ruighinn air an smuain gu bheil Dia mór is glic is iongantach is cumbachdach, ach is ann a mhàin *annam-sa* is urrainn iad fhaicinn gu bheil Dia 'n a athair daibh. Sin an dòigh anns a bheil sinne co dhìu a' tuigsinn an fhacail so; gu bheil foillseachadh sònruichte air Dia r'a fhaotainn ann am beatha Crìosd nach fhaighear ann an àite air bith eile, eadhon foillseachadh air Dia mar ar n-Athair. Tha Dia 'ga foillseachadh féin ann an obair a' chruthachaidh mar Dhia a tha mór is glic, oir tha na nèamhan ag aithris a ghlòire agus na speuran a' cur an céill a ghliocais; ach cha 'n 'eil nèamh no speur no ceàrn eile de'n chruthachadh a' cur an céill gu'm faod peacaich air thalamh an glùn a lùbadh an làthair an Dé mhóir is ghlòr-mhor so agus bruidhinn ris mar an Athair. Sin an deagh sgeul mu Dhia a thugadh dhuinn ann an Iosa Crìosd, agus tha sinn an dùil gur e sin a bha e féin a' ciallachadh an nair a thubhairt e, "*Cha tig duine air bith a dh' ionnsuidh an Athar ach tromham-sa.*" Is e Crìosd a theagaisg dhuinn a ràdh, an uair a ni sinn ùrnigh, Ar n-Athair ata air nèamh. An uair a bhiodh Iosa ag ùrnigh shaoileadh a dheise-ciobuil leis an dòigh anns am biodh e a' bruidhinn gu robh neach air chor-eigin còmhla ris. B'e an t-aobhar air sin gu robh e cinnteach gu robh Dia maille ris, cho dlùth dha 's gu'm faodadh e conaltradh a dheanamh ris mar a dheanadh e ri caraid no companach. Cha bhí ar n-ùrnighean-ne gu bràth ceart gus am bi a' cheart fhaireachduinn sin againn gu bheil Dia maille rinn is dlùth dhuinn. Cha 'n 'eil mòran buannachd ann do dhaoine a bhí creidsinn ann an Dia ma tha iad a' smuaineachadh air an Dia anns a bheil iad a' creidsinn mar neach a tha air taobh thall an t-saoghail, mìltean de mhiltean bhnapa. Na'm biodh a' cheist air a cur oirnn, "C' àite a bheil Dia?" theireadh a' chuid as motha dhinn, "Tha e ann an nèamh." Sin an fhreagairt a tha air a theagasg do'n chloinn, agus ged is tric a chuir sinn a' cheist so air cloinn ann an sgoilean cha d' fhuair sinn riamh freagairt eile ach gu bheil Dia ann an nèamh. Ach tha Dia anns a' b-uile àite; cha 'n 'eil e fada air falbh o neach air bith. An uair a theirear gu bheil e air nèamh

thatar 'ga chur air falbh bhuaime cho fada 's is urrainnear a chur, air chor agus nach 'eil faireachduinn againn gu bheil e dlùth. Ach tha Dia cho dlùth dhuit ri do làmhnan no do chasan. Cha ruig thu a leas sealltainn suas gu nèamh a dh' fheuchainn am faigh thu e an sin no an cluinn e thu; cha 'n 'eil agad ach sealltainn an taobh a stigh dhìot féin oir tha Dia an sin. Tha e 'n ar cridheachan; tha e a' labhairt 'n ar coguis; gach iarrtus naomh a dhùisgeas annainn, gach bròn diadhaidh air son peacaidh, gach ionndrainn bheò air a làthaireachd—cìod a tha ann an sin ach obair an Tighearna e féin, dlùths an Tighearna dhuinn, agus làmh a chaoimhnis tharainn.

Ach cha 'n 'eil e 'n a chuidheachadh air bith do chuid de dhaoine a ràdh riutha gu bheil Dia na's dlùithe dhaibh na nèamh agus gu bheil e anns gach àite. Ann an aon seadh tha iad a' creidsinn sin, ach ged a tha, cha 'n urrainn daibh labhairt ris cho saor 's a labhradh iad ri caraid anns an fheòil a chionn gur spiorad Dia agus nach 'eil e furasda dhaibh smuaineachadh uime mar Phearsa bheò is dlùth ris an faod iad bruidhinn mar a bhruidhneadh iad r'an caraid. Mar a thuirt sinn cheama tha sinn an dùil gu'm biodh e 'n a chuideachadh do na daoine sin (agus tha iad lomhor) dealbh Crìosd mar a bha e ann an làithean fheòla a chumail fa chomhair sùil an inntinn, a dh' fheuchainn an rachadh aca air greimeachadh air Dia. Cha 'n e mhàin gu'n cuidicheadh so leinn greimeachadh air Dia mar Dhia a tha beò is fíor is dlùth, ach saoradh e sinn mar an ceudna o bhì cumail 'n ar n-inntinnean smuaintean *ceàrr* uime. Feòraich de'n chloim cìod an dealbh a tha aca 'n an inntinn air Dia agus cuiridh cuid de na freagairtean a gheibh thu ioghnadh ort, agus uamhas cuideachd, ma's duine cneasda thu. Is e an dealbh a tha aca, dealbh seann duine gruamach is feusag fhada air, is sùilean a chì troimh bhallachan; duine gun aoi bh, gun ghean, gun uaisle; Urta a tha cur seachad a bheatha ri farchluais, agus aig nach eil car no tùn r'a dheanamh ach a bhì smachdachadh 's a' peanasachadh dhaoine truagha a chuir an fhearg air agus gun fhios aca e' ar son. Sin an dealbh air Dia a tha ann an inntinn mòran cloinne, ach mur creid thu bhuan-sa e ceasnaich do chlànn fhéin agus gheibh thu a mach bhupa nach 'eil gaol idir aca air Dia ged a tha gaol aca air Iosa. Rud neònach da rìreadh ach rud fíor, agus is e an t-aobhar gu bheil an dealbh ceàrr so air Dia aca (tha e aig na daoine móra cho mhaith ris na daoine beaga) gu bheil iad a' cur am beachdan fhéin ann an àite teagasg an abstoil—*Crìosd, neach as e òmhaigh Dhé*. Beachd-smuainich, mata, air nàdur Iosa; seall air a bheatha; smuainich air a thruacantas, air a chaomhalachd, air

flaighidinn, air blàths a chridhe, air cho deas 's a bha e gus a bhràithrean a chuideachadh, agus an uallaichean a ghiùlan, agus am peacaidhean a mhaìtheadh daibh, agus cuimhnich gur ann mar sin a tha Dia oir *is e Crìosd iomhaigh Dhé*. An tàlaidh so do chridhe gu Dia!

ANNS A CHATHAIR.

(*Air a leantuinn.*)

Bha meadhon an t-samhraidh ann m'an do thill na deiseibhuil do Chapernaum. B'e Iudas Iscariot am fear mu dheireadh dhiubh a thàinig do'n bhaile, agus dh'fhaodadh duine air bith fhaicinn 'n a ghnuis gu robh buaireas air chor-eigin 'n a inntinn. Bha 'aodann cho tana bàn 's ged a bhiodh e air droch thinneas a chur seachad, agus cha mhór gu robh de fheòil air na chòmhdaicheadh a chuàmbhan. Thachair sinn r'a chéile an uair a bha e a' dol a steach do'n bhaile, ach ma thachair, cha do rinn e uiread is sealltuinn orm, oir bha e a' coiseachd gu làidir agus a shùil air an làr is cath sheanchais aige ris fhéin. An uair a bhruidhinn mi ris stad e agus sheall e orm mar gu'm biodh aithne gun chuimhne aige orm, ach an ath mhionaid chaidh e 'n a chuimhne is dh'aithnich e mi. Gun uiread is fàilte a chur orm dh'fheòraich e dhìom an robh Iosa ann an Capernaum. Thuirt mi ris gu robh. An uair a chual e sin dh'fhalbh e bhuan mar gu'm biodh cù air lorg maighich. Bha de chabhaig air 's gu robh mo leòir agam-sa r'a dheanadh cumail suas ris. An ceann greis dh'fheòraich e dhìom cìod a bha Iosa a' deanamh. "Tha e," arsa mise, "ag obair aig a cheaird." "Ag obair aig a cheaird," arsa esan, mar gu'm faigheadh e buille anns an aodann; "a' cosg 'ùine ri gibbleis de shaorsainneachd is Israel a' dol a dhith."

Fhuair e Iosa shìos aig taobh an locha agus e féin is trìuir no cheithreair eile a' cur a mach bàta. An uair a chunnaic Iosa Iudas agus an coltas a bha air thuirt e ris, "Tha mi 'n dùil gu bheil thu anabarrach sgìth; c'uin a bhris thu do thraig mu dheireadh." "Cha 'n 'eil cuimhne agam," fhreagair Iudas, "ach tha mi coma; cha 'n 'eil feum agam air biadh ach bu mhaith leam rud-eigin a ràdh riut-sa, agus gum duine a bhi a làthair ach sinn fhéin."

Thuirt Iosa ris gu robh e a' dol a null gu taobh eile an locha agus na'n rachadh e còmhla ris gu'm faigheadh iad cothrom air bruidhinn. Chuir Iosa agus mi fhéin ar guaillean ri toiseach na geòla 'g a cur a mach; an uair a bha i air bheul a bhi air phlod leum mi a steach innte los a cumail air a druim, agus lean Iudas mi. An uair a fhuair sinn a gheòla air dòigh thug sinn a steach Iosa ach dh'fhàg sinn càch

air tìr a chionn gu robh toil aig Iudas bruidhinn ri Iosa gun daoine eile 'g a chluinntinn.

"A Mhaighstir," thuirt e ri Iosa, "shearmonaich mise an rìoghachd ann an Galìle mar a dh' iarr thu orm, ach air dhomh a bhi dol air feadh na dùthcha lha mo chridhe oir a leòn le cor brònach an t-sluaigh; tha cas na Roimhe air an amhaichean; tha an Roimh a' deanamh foirneart orra agus gun de sprachd no de dhuinealas anns na daoine móra againn fhéin na their ri maoir a' Chaesair gur h-ole a tha iad a' deanamh. Cha ruig sinn a leas a bhi sealltuinn ri maithean na dùthcha air son saorsa a chosnadh dhuinn o'n Roimh; tha iadsan caoin shuarach cìod a thachras do'n t-sluaigh bhochd ma gheibh iad neadan blàth is socrach a dheanadh daibh féin. Ach ma chuireas tusa tu féin air cheann an t-sluaigh agus ma thogas tu seann bhratach Israeil aon uair eile cuiridh mise mo cheann an geall gu'n éirich an sluaigh uile leat oir bu sgeul bhinn e 'n an cluasan an uair a dh'innis mise dhaibh gu robh e 'n ad bheachd rioghachd Israeil a chur air chois a ris. Ach ann an ùine ghoirid bidh e ro annoch sin a dheanadh; as uchd Dhé dean cabhag agus rach a mach air cheann an t-sluaigh."

Thàinig rachd ann an muineal Iudais agus deòir 'n a shùilean ach cha do fhreagair Iosa diog. "An uair a dh' iarr mi ort cheana," arsa Iudas, "thu féin a chur air cheann an t-sluaigh agus éirigh an aghaidh a' Chaesair cha do leig thu ort gu'n cual thu mi. Ach is aithne dhòmhsa cor an t-sluaigh, an t-acras agus a' gheur-leannhuinn a tha iad a' fulang. Cha 'n 'eil thusa 'ga fhaicinn no 'g a thuigsinn sin. O, Iosa a mhaighstir, nach éisd thu rium, agus nach buail thu buille as leth an t-sluaigh! Mur dean thusa sin cha 'n 'eil duine eile ann a ni e. Cha 'n 'eil ach aon duine anns an dùthaich as urraim saorsa a chosnadh do Galìle o chuing na Roimhe agus is tusa an duine sin. Nach éisd thu rium. Nach gabh thu mo chomhairle! Cha 'n 'eil agad ach do chorrag a thogail agus leanaidh na mìltean thu."

A ris thàinig rachd ann an muineal Iudais agus deòir 'n a shùilean, oir bha e a' labhairt le 'uile chridhe, a' tagradh a chùise mar a dh' aslaicheas duine air son an ni as ion-mhian-naichte leis air thalamh.

"Na'n rachadh agam-sa mi-fhéin," arsa esan, "air a dheanadh cha bhithinn a' bruidhinn riut idir. Rachainn a mach air cheann an t-sluaigh agus chuirinn crìoch air riaghladh a' Chaesair anns an tìr so. Ach cìod am feum dhomh a bhi smuaineachadh air siu, agus fhios agam gu maith nach leanadh an sluaigh mi. Tha rud-eigin 'g am dhith. Ach leanaidh iad thusa, Iosa. Tha earbsa aca asad, agus tha gaol aca ort. O, nach pàigh thu dhaibh an gaol sin,

agus nach toir thu saorsa dhaibh, oir cha 'n 'eil an cor brònach an ain-fhios duit."

Bha caoimhneas is blàths is truas ann an aodann agus ann an guth Iosa an uair a fhreagair e. "Cha 'n 'eil fhios agad, Iudais, ciod a tha thu ag ràdh agus ag iarraidh. Eisd rium mionaid bheag. Sin an dearbh bhuaireadh a chuir Satan thugan anns an fhàsach. Dh' iarr e orm rioghachd Dhé a chur air chois le cumhachd gàirdean feòla. Cha ghabh sin deanamh, oir cha 'n ann le airm-chogaidh fheòlmhor a chuirear air chois an rioghachd a tha mise a' searmonachadh ach leis an Spiorad Naomh; cha 'n ann a chum Israel a shaoradh o chuing na Roimhe a chuir m' Athair mise do'n t-saoghal, ach a chum daoine a shaoradh o na h-uile sin 'n an cridheachan féin a shalaidheas iad. Cha 'n urrainn ni air bith o'n taobh a muigh de'n duine a shalachadh; tha na nithean a shalaidheas an duine an taobh a stigh deth féin, drochd smuaintean, strìopachas, gadachd, mort, adhaltrannas, sannt, aingidheachd, mealltaireachd, maenus, droch shùil, toibheum, uabhar, amaideachd."

Dh' fhan Iudas sàmbach mionaid no dha, a' cnàmh a chùr. An uair a thàinig e thuige fhéin thuir e ri Iosa, "Fo riaghladh na Roimhe tha an sluagh a' basachadh le acras is cion bidh. Mur toir thu dhaibh saorsa, rud a rachadh agad air a dheanamh, nach toir thu dhaibh co dhùiu gu leòir de bhìadh! Rach a mach air an ceann, a chum 's gu'm faigh iad bho am maighstirean an còraichean, agus nach bi iad na's fhaide a' basachadh le acras."

"Sin buaireadh eile," Iudais, "a chuir an diabhol thugan anns an fhàsach. Tha nithean eile cho feumail do mhac an duine ri aran, agus ma dh' iarras air iad tùs rioghachd Dhé agus fhèantachd bheirear na nithean sin daibh."

Ach bha Iudas diorrasach agus cha ghéilleadh e. "A Mhaighstir," ars' esan, "mur cuir thu thu féin air cheann an t-sluaigh ann an Galile nach dean thu e ann an Ierusalem! Rach do Ierusalem agus searmonaich an rioghachd an sin."

Thuig Iosa anns a' mhionaid ciod a bha ann an inntinn Iudais; sheall iad ann an sùilean a chéile agus gun a h-aon aca ag ràdh diog, ach an sin dh' éirich Iosa 'n a sheasamh agus thuir e gu cabhagach, "Ni mi sin, Iudais, théid mi do Ierusalem." Agus mar gu'm biodh e a' bruidhinn ris féin thubhairt e, "Cha mhithich do fhàidh a bhì air a mharbhadh ach ann an Ierusalem." Chuala Iudas am facal a thubhairt e; sheall e air gu dùr is fhreagair e, "Cha 'n e bàs ach buaidh a tha romhad ann an Ierusalem."

* * *

Bha mise driopail fad a' gheamhraidh, agus cha chuala mi diog mu shearmonachadh Iosa

ann an Ierusalem. B'e Nicodemus a' cheud duine a thug rabhadh dhomh gu robh beatha mo Mhaighstir ann an cumart. "Tha a' Chomhairle," ars' esan, "am beachd gur duine cumartach e agus gu'm faod e amlreith a dheanamh eadar an dùthaich so agus an Roimh. Tha móran de'n t-sluaigh air a thaobh, agus ged nach 'eil iad 'g a ràdh aum am follais, no ri seanairean no sagartan, tha iad a' creidsinn gur e Iosa am Mesiah. Gun teagamh tha cuid eile cinnteach nach 'eil ann ach mealltair, ach chreideadh eadhon na daoine sin ann cuideachd na'm faiceadh iad e air cheann airm, a' deanamh ar-a-mach an aghaidh a' Cheasair. Tha an luchd-riaghlaidh an impis dol as an ciall leis an eagal, oir cha 'n 'eil iarraidh air bith aca-san rioghachd Dhe a bhì air a cur air chois."

"C'ar son nach 'eil," thuir mi ris.

"Tha," arsa Nicodemus, "a chionn gu'n caill iad féin an ùghdarras. Ach cha 'n urrainn daibh le 'n nàire sin aideachadh, agus is e a tha iad a' feuchainn r'a dheanamh aobhar casaid fhaotainn 'n a aghaidh a chum gu'n seall maoir na Roimhe 'n a dhéidh."

"Feumaidh e bhith," thuir mi ris, "nach 'eil ann an luchd-riaghlaidh Ierusalem ach na deamhain an uair a ghabhadh iad brath air duine neo-chiontach los fàbhar a chosnadh daibh féin."

"Cha 'n abrainn sin idir," arsa Nicodemus, "ma mharbhas iad Iosa ni iad sin a chionn gu bheil iad an dùil gu bheil iad a' deanamh gu ceart."

"Ma mharbhas iad e," thuir mi ris, "marbhaidh iad e a chionn gu bheil fuath is gambhas aca dha."

"Eisd rium-sa, a mhic," arsa Nicodemus, "oir tha thusa òg is mise sean agus a thuilleadh air a sin, is aithne dhomh muinntir na Comhairle cho mhaith 's is aithne dhomh mi féin. Saoil thu am bheil e comasach do leithid Chaiaphais inntinn no cridhe Iosa a thuigsinn! Cha 'n 'eil. Ged a bhiodh teanga dhaoine agus aingeal agad cha tugadh tu air Caiaphas a chreidsinn gu bheil Iosa glic. Tha dòighean is beachdan Iosa calg-dhreach an aghaidh a dhòighean agus a bheachdan fhéin, agus mar sin tha e cinnteach nach 'eil ann an Iosa ach duine faoin. Ach tha amharus aige gu'm faod e cron a dheanamh am measg an t-sluaigh ged a tha e faoin, agus an dùsgadh an aghaidh na Roimhe, agus mar sin gheibh e dòigh air Iosa a chur as an rathad. Tha amharus aige cuideachd gu bheil Iosa a'milleadh creideamh na dùthcha, agus gu bheil e a' teagasg nithean nach 'eil a réir teagasg nan aithrichean, gu sònruichte a thaobh na Sàbaid."

R'a leantuin.

PLATE I

[The text in this section is extremely faint and illegible, appearing to be a list or index of items.]



FEASGAR COMANACHAIDH

(Ann an eaglais Bhlàir).

Esan a bhunaichas gus a' chrìoch, bìthidh e air a thearnadh. Mata, x. 22.

Bu mhaith leam an nochd labhairt gu pear-sonta agus gu bàigheil ris na daoine òga a shuidh an diugh maille ruim aig bòrd an Tighearna air son na ceud uaire. Cha ruig mi leas a ràdh ribh ciod an toileachadh a thug e dhomh sibhse fhaicinn ag aideachadh aium an Tighearna an làthair a shluaigh uile; tha e 'na thoileachadh dhòmhsa mar a tha e 'na ghàirdeachas agus 'na shonas do 'ur pàrantan féin, agus faodaidh sibh a bhì cinnteach gu bheil mise agus iadsan agus uile shluaigh an Tighearna anns a' choimhthional so ag ùrnuigh maille ribh gu'm bi an ceum sòluimte a ghabh sibh an diugh 'n ur beatha air a bheannachadh dhuibh gu mór; ag ùrnuigh gu'n lean maitheas agus tròcair Dhé sibh uile làithean 'ur beatha, agus gu'm bi sonas is soirbheachadh is sìth agaibh ann an companas 'ur Slànuigheir agus ann an seirbhis Dhé. Ach m'an crìochnaich an là naomh so, —là a bha naomh dhuibh-se an diugh mar nach robh e riann roimhe,—ceadaichibh dhomh earail no dhà a thoirt dhuibh mu riaghladh 'ur beatha anns na làithean a tha air thoiseach oirbh.

An diugh chuir sibh 'ur làmh ris a' chrann-treabhaidh ann an da-rireadh, ach tha cuimhne agaibh gu'n d' thubhairt Crìosd ma nì neach air bith sin agus gu'n seall e 'u a dhéidh, nach 'eil e iomchuidh air son rioghachd Dhé. Tha rioghachd Dhe air a gealltainn dhaibhsan a mhàin a bhunaicheas gus a' chrìoch.

Air uairean tha am Bioball a' labhairt mu thearnadh an anama mar *ghnìomh*, ach air uairean eile mar *obair*; air uairean mar ghnòthuch a tha seachad, seulaichte, is crìoch-naichte, ach air uairean eile mar obair a tha dol air a h-aghaidh, obair air nach téid crìoch gu latha Crìosd. Sin an dà thaobh de'n fhìrinn, agus ma tha sibhse glic is iriosal is faicilleach 'n 'ur cainnt cha'n abair sibh gu bheil sibh tearuinte a nis a thaobh an t-saoghail shiorruidh; cha 'n abair sibh ach so, gu bheil sibh *air slighe na slàinte*. Tha sibh anns an t-suidheachadh so an nochd gu bheil sibh air cheann na slighe, gu bheil 'ur n-aghaidh air Dia, gu'n d' éisd sibh ri gairm an t-Slànuigheir is gu'n do lean sibh e, agus gu'n do thòisich obair mhaith annaibh. Tha e an crochadh ri bhur dìlseachd féin co dhiu a théid an obair sin air a h-aghaidh, no sguireas i. Ma théid obair nan gràs air a h-aghaidh annaibh bliadhna an déidh bliadhna, agus gu'm bi sibh a' fàs ann an eòlas

an Tighearna agus ann an diadhaidheachd ruigidh sibh 'ur ceann-uidhe gu cinnteach agus gheibh sibh crìoch 'ur creidimh, eadhon slàinte 'ur n-anaman. Ach ma sguireas an obair so annaibh agus ma mbarbhas gaol an t-saoghail 'ur gaol do Dhia agus d'a aobhar bìthidh 'ur staid dheireannach na's miosa na 'ur ceud staid. Cuimhichibh, mata, nach do ràinig sibh cheana, agus nach 'eil sibh fathast foirfe; cuimhichibh nach 'eil 'ur réis spioradail ach air tòiseachadh agus gu'm feum sibh a bhì dileas is dùrachdach agus cumail dlùth ri Dia, a chum cothrom a thoirt d'a spiorad obair nan gràs annaibh a chur air aghaidh.

Theirear obair nan gràs ri obair na slàinte ann an anam an duine a chionn gur e gràs Dhe a tha deanamh comasach do dhaoine peacach buanachadh air slighe na slàinte. Tha gràs Dhe a' ciallachadh an neart spioradail a tha e a' toirt d'a shluaigh a chum an cuideachadh agus am beathachadh. Tha uiread gràs ann an Dia 's nach tèirg e ged a bhiodh na mìltean saoghal agus an luchd-àiteachaidh uile a' tarruing gràs no neart as fad limntean na sìorruidheachd. Tha gràs am pailteas aige. Tha cuimhne agaibh ciod a thubhairt am fàidh Isaiah, "Cuiribh 'ur dòchas anns an Tighearna do ghràth oir anns an Tighearna Iehobhah tha neart sìorruidh." Tha cuimhne agaibh cuideachd ciod a thubhairt an Tighearna ri Pol an uair a bha e air a phianadh 'na fheòil, "Is leòir mo ghràs-sa dhuit," agus ciod a thubhairt Pol féin uair eile ris na bràithrean ann an Philippi, "Sàsaichidh mo Dhia-sa 'ur n-uile fheum a réir a shaoibhreis ann an glòir ann an Iosa Crìosd." Sin, mata, nì as am faod sibh a bhì cho cinnteach 's a tha sibh gu bheil sibh 'n ur suidhe anns an eaglais so an nochd, gu bheil gràs am pailteas ann an Dia agus gu bheil toil aige an gràs no an neart sin a thoirt seachad do gach duine a dh' iarras e.

Ach tha rathaidean sònruichte ann anns a bheil gràs Dhe a' ruighinn a shluaigh, rathaidean a tha cho aithnichte leis na h-uile dhaoine 's gu'n abrar riu meadhonan nan gràs. Gun teagamh cha ghabh gràs Dhé a bhì air a chumhannachadh no air a cleangal ri meadhonan sònruichte, oir tha spiorad Dhé is obair an spioraid mar a' ghaoth a shéideas far an àill leatha, ach ann an cumantas tha freasdal Dhé a' cleachdadh mheadhonan sònruichte a chum obair an Spioraid a ghiulan air aghaidh, agus is iad so na meadhonan,

- (1) Urnuigh,
- (2) Facal Dhé,
- (3) Na sacramaidean.

A dhaoine òga, an uair a tha 'ur cridheachan maoth is tais, agus sibh fathast fo bhuaidh seirbhis shòluimte a' chomanachaidh agus fo chumbhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich tha mi a' cur impidh oirbh bòid a thabhairt do Dhia an nochd 'n 'ur cridhe, nach dean sibh dearmad air ùrnuigh agus nach leig sibh latha seachad gun 'ur glùn a lubadh do Dhia, ag iarraidh solus is neart is stiùradh. Gun bheannachd an Tighearna ciod a tha ann am beatha duine ach ruith na gaoithe! Is e ùrnuigh an aon dòigh anns an urrainn duibh sibh féin a chumail ann an dlùths ri Dia, agus gun dlùths ri Dia cha bhi cinneas oirbh no soirbheachadh agaibh ann am beatha na diadhaidheachd. Tha aon de na seann diadhairean ag ràdh, nach urrainn Dia deanamh as eugmhais an duine na's mò na's urrainn an duine deanamh as eugmhais Dhé. Tha sin fìor; tha cuimhne agaibh nach b'urrainn Crìosd obair chumalachdach a dheanamh ann am bailtean sònruichte, a chionn gu robh an sluagh as-creidmheach. Bha an smuaintean an aghaidh a smuaintean-sa, an rùintean an aghaidh a rùintean-sa, agus cha chuidicheadh iad leis. An àite a bhi tarruing leis bha iad a' tarruing 'n a 'aghaidh. Is e ùrnuigh aon de na dòighean anns an téid againn air cuideachadh le Dia, tarruing leis an àite tarruing 'na 'aghaidh; agus mur cleachd sibhse, a dhaoine òga, a bhi ag ùrnuigh cha 'n urrainn Dia obair a dheanamh annaibh a bu mhaith leis a dheanamh, no nithean a labhairt ribh a bu mhaith leis sibh a chluinntinn, no tiòdhlaic an thoirt dhuibh a bu mhaith leis a bhuileachadh oirbh, oir cha ruig sibh a leas dùil a bhi agaibh gu'm faigh sibh tiòdhlaic air bith o Dhia, no gu'n chuinn sibh faclal ùr o spiorad Dhe, mur bheil cridheachan fosgailte agaibh, mur bheil uinneagan 'ur anama fosgailte ri néamh. Agus is e ùrnuigh a chumas an cridhe agus an t-anam fosgailte.

A thaobh ùrnuigh faodar daoine a roinn 'n an trì huidhnean,

- (1) daoine nach dean ùrnuigh idir.
- (2) daoine a bhios ag ùrnuigh gu ceàrr.
- (3) daoine a bhios ag ùrnuigh gu ceart.

Gu'n deònaicheadh Dia nach bi aon agaibh-se, a luchd-comanachaidh òga, de'n fheadhainn nach dean ùrnuigh idir. Ma tha beatha duine gun ùrnuigh bidh an duine sin gu goirid gun Dia; agus ciod a tha ann am beatha gun Dia ach beatha gun àgh gun rath; beatha gun sonas gun shùgh; dìomhanas nan dìomhanasan is buaireadh spioraid. Ciod an tairbhe a tha ann do dhuine ged a chosnadh e an saoghal uile agus anam féin a chall!

Tha daoine ag ùrnuigh gu ceàrr mur dean iad ùrnuigh ach an dràs'd 's a rithist, theagamh uair 's an ràidhe; no

ma théid iad air an glùinean agus teagamh aca fad na h-uine nach 'eil feum air bith ann; no ma théid iad gu ladarna gu Dia ag iarraidh nithean as toigh leis an Fhéin agus an Fheòil, gun ghràin aca air am peacaidhean no iarraidh aca air co-chomunn Dhé,—sin daoine a tha ag ùrnuigh gu ceàrr.

Tha daoine ag ùrnuigh gu ceart an uair a tha iad ag ùrnuigh gun sgur, moch agus amoch; an uair a tha iad ag ùrnuigh ann am creideamh, gun bli ann an teagamh air bith; an uair a tha iad ag ùrnuigh cha'n e mhàin ann an àimh ach ann an spiorad Chrìosd, ag iarraidh toil Dhé a leantuinn agus a dheanamh,—sin daoine a tha ag ùrnuigh gu ceart.

Gabhadh e uine m'an ionnsaich daoine ùrnuigh gu ceart, a chionn nach e smuaintean Dhé ar smuaintean-ne no rùintean Dhé ar rùintean-ne, ach is e an t-ionnsachadh òg a ni an t-ionnsachadh maith, agus iocaibh-se 'us bòid do Dhia an nochd nach leig sibh latha seachad gun ùrnuigh a dheanamh mar is urrainn duibh. Agus gach uair a lùbas sibh 'ur glùn neartaichibh 'ur creideamh leis an smuain so, nach e mhàin gu bheil sibhse ag iarraidh Dhé ach gu bheil Dia 'g 'ur n-iarraidh-se, le iarraidh is tinne agus is sinne, is dìchiollaiche agus is dùrachdaiche na 'ur n-iarraidh-se airsan. Agus neartaichibh 'ur creideamh leis an smuain so cuideachd, nach 'eil sibh ann an ùrnuigh a' teachd gu neach a tha air son e féin fhòlach bhuaibh, ach gu Athair 'ur spioradan, Athair caomhail aig am bheil fiughair gu'n tig sibh, agus a tha a' feitheamh oirbh.

Tha mi a' cur impidh oirbh mar an ceudna gaol a bhi agaibh air Facal an Tighearna agus déidh air a leughadh, agus tha mi an dòchas, a dhaoine òga, gu'n cuimhnic sibh là an Tighearna a choimhead, agus ùghdarras Dhé aideachadh 'n 'ur beatha le aoradh a dheanamh da gach Sàbaid anns an tigh so maille r'a sluagh. Mur toir daoine géill do aithne an Tighearna cha 'n 'eil còir air bith aca a bheannachd iarraidh, agus saoilidh mi nach urrainn duine a ràdh gu'n do chaith e là an Tighearna gu ceart no gu h-ìomchuidh mur do chuir e seachad pàirt deth anns an eaglais,—ma bha cothrom is slàinte aige, no mur robh e air cheann obair na h-éigin no na tròcair. Ma dh' fheòraicheas sibh dhiom c' ar son a cheangladh sibh sibh féin ris a' Bhiobull seach leabhar eile freagraidh mi sin ann am briathran as aithne dhuibh uile, Is e facal Dhé a tha air a chur sìos ann an Sgrìobhturan an t-Seann Tiomnaidh agus an Tiomnaidh Nuaidh an riaghailt a thug Dia dhuinn a chum ar seòladh gus E féin a ghlòrachadh agus a mhealtainn. Tha na Sgrìobhturan a' teagasg duinn ciod a tha sinn r'a chreidsinn mu Dhia, agus ciod a tha Dia ag iarraidh oirnn. Sin an t-aobhar gu bheil

briathran a' Bhiobuill 'n an aran na beatha ; anns gach linn tha an leabhar so a' deanamh dhaoine glic a chum slàinte, oir bha e air a sgrìobhadh le daoine a bha 'n an càirdean aig Dia, daoine a chuir seachad an ùine ann an ionad-dionhair an Ti as àirde, agus mar sin a fhuair eòlas air a thoil agus air a rùintean, oir mar tha an Salmadair ag ràdh, "Tha rùn Iehobhah aig an dream d'an eagal e agus ni e aithnichte dhaibh a chomh-cheangal." Anns na Sgrìobturán gheibh sibh Crìosd, oir is iad sin a tha toirt fianuis m'a thìnchioll, agus an duine a gheibh Crìosd gheibh e nèamhnaid ro luachmhor. An duine a fhair Crìosd is duine sona e, oir fhuair e an t-slighe dhachaidh gu Dia ; is duine sona e oir dh' amais e air an Fhìrinn agus ni an Fhìrinn saor e ; is duine sona e, oir fhuair e a' bheatha a tha maireannach. Ged is maith ùrnuigh agus ged is maith am Biobull cha'n eil anna le chéile ach *meadhonan* ; tha an *gràs* ann an Iosa Crìosd agus mur bi esan 'n a bhìadh is na dheoch d' ar n-anam cha bhì beatha annainn. Cunaibh, mata, dlùth ri Crìosd ; suidhibh aig a chasan agus fòghlumaibh bhnaith ; gabhaibh a chuing oirbh agus bithibh umhail da ; earbaibh as agus leanaibh e. Deanaibh companach dheth agus biodh e 'na choguis duibh ; na rachadh latha seachad gun chumhachd air chor-eigin a thighinn á Crìosd annaibh, agus ma bhios sibh anns an dàimh agus anns an dlùths sin ri Crìosd bithibh cinnteach gu'm faigh sibh gràs am pailteas.

Cha 'n eil gnothuch aig an diadhaidheachd agus an leisg r'a chéile ; cumhnichibh nach 'eil tlachd aig Dia ann an seirbhisich a shocrucias air an deasgainnean agus a their 'n anam, "Gabh fois, ith, òl, agus bi subhach" ; tha tlachd aig Dia ann an seirbhisich a tha dileas dìchiollach, a' buanachadh 'n a shlighean agus a sìor-mheudachadh 'n a 'obair. Is liòmhor iadsan a thòisich gu maith ach nach do chrìochnaich gu maith. Thug iad thairis agus rinn iad lough-bhriseadh a thaobh a' chreidimh. Ciod an t-aobhar air sin ? Glé bhitheanta cha 'n eil aobhar eile ach so, gu'n do rinn iad dearmad air meadhonan nan gràs. An toiseach rinn iad dearmad air ùrnuigh ; an sin chaill iad ùigh ann am Facal an Tighearna agus chuir iad am Biobull air sgeilp far nach ruig air ach na leòmainn ; an sin stad iad a dhol do'n eaglais gach Sàbaid ged a rachadh iad innte uair 's an ràidhe agus air Sàbaid comanachaidh ; mu dheireadh stad iad a dhol innte idir agus cha leigeadh an nàire leò dol gu comanachadh. Agus an sin b' fheudar do'n t-Seisean an dleasdanas brònach a dheanamh agus ainm nan daoine sin a dhubhadh a mach á leabhraichean na h-Eaglais air thalamh, mar dhaoine nach 'eil air an àireamh tuilleadh am measg sluagh an

Tighearna. Gach uair a thachras sin anns a' choimhthional so, agus tha e a' tachairt air uairean, tha an guidhe 'n am chridhe gu'n lean Spiorad caomhail is faighidinneach an Tighearna air strì riutha, ged nach d' éisd iad ri guth na h-Eaglais.

Ach a mhuinntir òg a shuidh an diugh aig bord a' chomanachaidh air son na ceud uaire tha dòchas is feàrr na so againn do 'ur taobh-se. Ach bithidh 'n 'ur n-earalas agus cuiribh meas air meadhonan nan gràs. Agus ma ni sibhse 'ur cuid féin bithidh cinnteach nach téid Dia ann an cois fhacail agus gu'n toir e gu crìch shona an obair mhaith a thòisich annaibh. Gu'm biodh 'ur ceud chomanachadh an diugh anns an tigh so 'na chuimhneachan beannaichte dhuibh uile làithean 'ur beatha, agus gu robh gràs an Tighearna Iosa Crìosd maille ribh gu sìorruidh.

ANNS-A CHATHAIR.

(*Air a leantuinn.*)

Thuir mi ris nach robh iartus sam bith aig Iosa air daoine a dhùsgadh an aghaidh na Ròimhe ; gu'm faodadh inntinn shoerach a bhì aig an luchd-riaghlaidh a thaobh sin, a chionn nach rachadh e gu bràth air cheann airm agus nach b'e rioghadh thalmhaidh a bha e a' searmonachadh. "Tha mi a' creidsinn sin," arsa Nicodemus, "ach ged nach 'eil na rùintean a tha an luchd-riaghlaidh a' cur as a leth ann an cridhe Iosa féin tha amharas agam gu bheil iad ann an cridheachan a luchd-leamhuinn. Mur bheil na seanaircan no na sagartan a' tuigsinn Iosa cha mhò a tha cuid d'a dheisciobuil féin. Is aithne dhuit Iudas Iscariot. Sin agad duine a rinn cron mòr do Iosa ann an Ierusalem, agus duine air nach rachainn an urras fad no bhròige. Mur bheil mi air mo mhealladh tha e a' feuchainn ri Iosa a shuaineadh m'a choragan, a' feuchainn r'a bhrosnuchadh an aghaidh na Ròimhe, oir tha gràin uamhasach aige féin air an Ròimhe agus leanadh e gu bàs commandair air bith a dh' éireadh na h-aghaidh. Is e gamblas do'n Ròimh agus cha 'n e gaol na diadhaidheachd a thug air Iudas Iosa a leantuinn. An uair a chual e e a' searmonachadh na *rioghachd* shaòil e gur e a bha e a' ciallachadh ar-a-mach a dheanamh an aghaidh na Ròimhe agus saorsa aimsireil a chosnadh do Israel. Sin a thug air e féin a thairgsinn mar dheisciobul, agus an uair a chunnaic e nach e sin idir a bha ann an inntinn Iosa dh' fheuch e leis gach cuilbheart a b' aithne dha air aomadh gu ceannaire a dheanamh an aghaidh na Ròimhe. Is mòr m' eagal, eadar Iudas a tha 'n a dhuine borb agus Caiaphas a tha 'n a dhuine sleamhainn, gu bheil Iosa ann an cunnart a bheatha."

Chuir briathran Nicodemus crith air m' fheòil; bhà e 'n a dhuine cho glic tùrail 's nach b' urrainn domh gun suim a ghabhail d'a chainnt agus eagal a bhi orm a thaobh Iosa. Ma bha eagal air Nicodemus féin d'a thaobh bha aobhar eagail ann. Ach thuirt mi ris, ged nach robh ann dhomh féin ach aising caillich mar a dùrachd, "Seasaidh Pilat eadar e agus na sagartan, oir cha 'n 'eil gaol an t-samhraidh aig Pilat air na sagartan agus cha 'n urrainn a' Chomhairle Iudhach duine a chur gu bàs gun chead na Ròimhe."

"Pilát," arsa Nicodemus, "is beag is urrainn Pilat a dheanamh; tha esan eadar a' bhaobh 's a' bhuarach, agus ma thoilicheas na seanairean theid aca air eagal a chur air Pilat gu'n caill e a dhreuchd mur dean e an rud is àill leò. Is aithne dhuit fhéin Pilat cho mhaith rium-sa."

"Fhuair mise e daonna 'n a dhuine ceart," fhreagair mi.

"Duine ceart gun teagamh," arsa Nicodemus, "ach duine cruaidh. Dhòirt e mòran fala cheana agus dòirtidh e tuilleadh fhathast, oir cha mhotha le Pilat beatha duine is beatha radain ma tha e anns an rathad air."

"Am bheil rathad idir ann," thuirt mi ris, "air Iosa a shàbhaladh bhuapa."

"Rinn mise na's urrainn mi cheana," arsa Nicodemus; "is e sin a thug orm Ierusalem fhàgail agus tighinn thugad-sa an tràth-sa, a dh' fheuchainn an rachadh agad air rud air chor-eigin a dheanamh air a shon. Bha t' athair agus Caiaphas gu maith eòlach air a chéile, agus is aithne dhuit Pilat. Nach fheàrr dhuit, mata, togail ort agus dol do Ierusalem ach gu dé a ghabhas deanamh. Mur dean e maith cha dean e cron co dhiu; gheibh thu cothrom air rabhadh a thoirt do Iosa m'an chunnart a tha e a' ruith agus theagamh gu'n téid agad air toirt air e féin fholach greis."

"Sin rud nach dean Iosa gu bràth," thuirt mi ris, "oir cha ghabh e cur as a bheachd gu bheil aige ri fulang. Cha 'n ann aon uair no dà uair a chuala mi e a' bruidhinn air, agus tha fhios aige ma theid e gu féill na Càisge gu bheil e a' dol a dh' ionnsuidh a' bhàis."

* * * * *

Bu duine Caiaphas a bha àrd os cionn a chumantais; bha pearsa dhìreach aige, is aghaidh ghruamach, is bilean tana. Bha sròn fhada chrom air coltach ri sròn speireig, agus bha sùil na speireig 'n a cheann cuideachd. Cha robh mòran feòla air a chnàmhan, agus cha bu duine e air an robh aobh no gean. An uair a dh' fhàiltich e mi gu fuar thuirt e rium, "Cha mhaith an t-àm a thagh thu air son sgrìob a ghabhail do Ierusalem; tha muinntir a' bhaile an-shoerach agus cha lugha na sin anshocair is buaireas-inntiun nan coigreach a tha ann air son na Càisge. B' fheàrr duit do chasan a thoirt as agus am baile fhàgail."

"Tha mi air tighinn lom is dùreach á Galile," thuirt mi ris, "agus bu mhaith leam bruidhinn ribh-se gun duine againn ach sinn fhéin."

Thionndaidh Caiaphas ris na seirbbhisich a bha air a chùlaobh agus dh' iarr e orra an seòmar fhàgail. An uair a bha sinn leinn fhéin thuirt e rium ga maith frionasach, "Chuala mi mórani umad o chionn ghoidid; tha e air a sheanachas nach 'eil thu a' taghadh do chompanach gu cùramach, ach cuimhnich gu'm mill droch choluadar deagh bheusan."

"An e Iosa a thiu a' ciallachadh," arsa mise, agus gun e furasda dhomh cunmail orm féin. "A cheart duine," arsa Caiaphas; "cha mhaith an companach duit-sa Iosa. Air sgàth t' athar gabh mó chomhairle agus seachain e, oir is dona an treòraiche e do dhuine òg. Rach thusa air t' ais do Ghalile agus leig le Iosa duais a dheanadais fhaotainn."

"Cò," arsa mise, agus an fhearg a nis orm, "cò a tha ag ràdh gur duine cunnartach Iosa."

"Tha mise," arsa Caiaphas, "tha e a' cur dhaoine air seachran."

"An robh sibh a' bruidhinn ris riamh sibh féin," dh' fheòraich mi.

"Mise," arsa Caiaphas gu h-uuibhreach, "cha 'n e mhàin nach do bhruidhinn mi ris ach cha 'n fhaic mi riamh e le mo shùil."

"Ciamar a tha fhios agaibh mata gu bheil e a' cur dhaoine air seachran."

"Chuala mi m'an rìoghachd so a tha e a' searmonachadh," arsa Caiaphas, "tha e a' cur ann an cinn dhaoine an lagh a bhriseadh agus mi-riaghailt a dheanamh anns an dùthaich. Bha sìth is riaghailt anns an dùthaich gus an d' thàinig esan, ach a nis tha daoine mi-thoilichte."

"Cha 'n 'eil Iosa," arsa mise, "a' toirt seachad teagasg air bith mu'n rìoghachd so ach teagasg a tha anns na Sgrìobturean againn féin?"

"Ma tha sin fior," arsa Caiaphas, "c'ar son a tha e ag ràdh ris an t-sluagh gu bheil seanairean is luchd-riaghlaidh na dùticha an aghaidh na rìoghachd so? Nach 'eil sinne a' leughadh agus a' creidsinn nam fàidhean cho mhaith ris féin? Ciod is urrainn e a theagasg duinn nach aithne dhuinn cheana?"

"Ma's aithne dhuibh féin e," fhreagair mi, "cha do theagasg sibh do'n t-sluagh e; dh' fholuich sibh orra iuchraichean an eòlais."

Sheall Caiaphas orm gu gear agus an sin labhair e, "Ciamar is urrainn do dhaoine aineolach an lagh a thuigsinn, no ciod is aithne do'n duine bhoehd mu riaghladh? Tha Iosa tur aineolach ann an gnothuichean an t-saoghail agus a thaobh riaghlaidh, agus sgriosadh e an dùthaich na'n cuirteadh e ann an ùghdarras. Is e daoine a tha glic a bu chòir a bhi riaghladh, agus gun athais is ionnsachadh cha 'n fhaighear an gliocas gu bràth. Ciamar a bhios gliocas aig daoine a tha a' leantail a' chroinn agus aig nach 'eil seanchas eile ach mucan is daimh."

R'a leantuinn.



SPIORAD CHRISOD.

Ach mur 'eil spiorad Chrìosd aig neach, cha bhuin e dha.—Rom. VIII., 9.

Cìod, mata, ris an abair thu spiorad Chrìosd? Cha cheist sin a dh' fhaodar fhàghail aig diadh-airean is sgoilearan gus cnuasachadh oirre air an socair féin; tha i a' beantail ruinn uile agus feumaidh sinn uile a' cur oirnn féin, oir tha an t-abstol ag ràdh gur e spiorad Chrìosd a bhì againn an t-aon chomharra cìunteach gu'm buin sinn dha. Mur bheil a spiorad-san againn, co dhiu ann an tomhas, cha 'n 'eil cuid no pàirt againn ann.

Theagamh gu'n abair aon duine gu robh Crìosd *iriosal*; their duine eile gu robh e *gràdhach*, is duine eile a ris gu robh e *naomh*, agus cuiridh iad sìos air ghad na subhailcean a bha a' comharrachadh a bheatha an uair a bha e air thalamb—*macantas, cìvìne, fìrvantachd, caomhalachd, gràdh, faighidinn*. Ach ged a bha na beusan maìthe sin ann an Crìosd ann an tomhas anns nach robh iad ann an duine eile roimhe no 'na dhéidh cha 'n urrainnear a ràdh gu ceart gu'm b' iad sin spiorad Chrìosd. Is e a bha anns na beusan maìthe sin *toradh* a spioraid, air chor agus gu'm feumar sealltainn na's dòimhne na ruigear air an rud ris an abair an t-abstol *spiorad* Chrìosd. Theirim spiorad Chrìosd ris na tobraichean dìomhair as an robh Crìosd a' faotainn beatha d'a anam féin; na nithean leis an d' thug e buaidh air an t-saoghal. A thaobh trì nithean sònruichte ràinig e àird is ionlaid air nach do ràinig duine eile riamh,

- (1) An faireachadh a bha aige air làthaireachd Dhe agus an aonachd a bha eadar a thoil agus toil Dhé.
- (2) An earbsa a bha aige ann an gràdh agus ann an cumhachd Dhé.
- (3) An t-iarrtus a bha aige air a bhràithrean a chuideachadh, gun ionradh air a chomhfhurtachd féin.

Cha do chuir e riamh teagamh ann an Dia agus cha mhò a thilg e a mach duine air bith a thàinig thuige; a thaobh Dhe cha robh a leithid de ni is as-creidimh agus a thaobh dhaoine cha robh a leithid de ni is féinealachd 'n a chridhe, agus b'e sin an t-aobhar gu robh a bheatha cho maiseach, gu'n d' thug e buaidh air an t-saoghal, agus gu'n deachaidh aige air nithean sònruichte a dheanamh a tha mìòrbh-uileach 'n ar sùilean-ne.

An uair a smuainicheas tu air cho beag 's a tha Dia 'n ar smuaintean fad an là (air uairean theid là is là seachad gun sinn a chuimhneachadh air idir) agus a smuainicheas tu air a' chomunn dlùth a bha eadar Crìosd is 'Athair tha e furasda gu leòir dhuìt a thuigsim ciamar a thachair e gu robh nithean a tha dorcha dhuinne soilleir dhàsan, agus ciamar a bha làndearbhachd is cumhachd aige a thaobh an t-saoghail spioradail nach 'eil againne.

Tha na h-abstoil a chuir seachad pàirt d'am beatha 'n a chuideachd ag innseadh dhuinn mu na beusan bòidheach a chunnaic iad ann, *gràdh, cìvìne, fad-fhulangas, iochd*, ach cha b' e na nithean sin a chuir an t-ìoghnadh a bu mhotha orra ach an dòigh anns an biodh iad air uairean 'g a chluinntinn a' bruidhinn ri Dia, agus na nithean a bhiodh e ag ràdh riu mu Dhia, nithean nach cual iad riamh bho an pàrantan, no anns an sgoil, no anns an t-sionagag bho na seanair-ean. Cha robh fhios aca cìod a theireadh iad ris an uair a chluinneadh iad e a' bruidhinn ri Dia mar gu robh Dia 'n a sheasamh làimh ris, agus a dh' innseadh e dhaibh (mar gu robh an rud cho soilleir ris a' ghréin) gu'n sàsaicheadh Dia an uiresbluidhean uile a réir saoihbheas a ghràis.

B'e so, mata, spiorad Chrìosd, an creideamh beò a bha aige ann an Dia; an dearbhachd a bha aige ann an éifeachd ùrnuigh, agus an tlachd a bha aige ann an co-chomunn Dhé, agus mur 'eil tomhas de'n cheart spiorad sin againne cha 'n 'eil sinn d'a chuideachd-san. Na'n robh Dia 'n a Dhia beò dhuinne mar a bha e do Chrìosd, na'n robh faireachadh againn air a làthaireachd gach mìonaid d'ar beatha mar a bha aige-san, dheanadh sin dà atharrachadh mòr 'n ar smuaintean,

- (1) Bheireamaid géill do thoil Dhé agus do lagh Dhé an àite a bhì tighinn beò mar a tha móran a' deanamh gun ghéill no urram a thoirt do ùghdarras air bith ach an toil féin agus cleachdaman an t-saoghail.
- (2) Bhiodh ùrnuigh 'n a sochair phriseil is bheannaichte an àite a bhì 'na h-uallach. Gun an creideamh a bha aig Crìosd ann an Dia cha 'n urrainn duine gu bràth ùrnuigh a dheanamh mar a rinn esan.

Bu bheag aig Iosa cìod an t-ainm no an tìotal a bheireadh daoine dha, co dhiu a theireadh iad ris Tighearna no Maighstir, mac Dhe no mac an duine; thubhairt e nach b' e iadsan a dh' abradh ris "a Thighearna, a Thighearna," a

rachadh a steach do ròghachd Dhe ach iadsan a dheanadh toil Dhé. Is beàg e ann an sùilean Chrìosd an diugh fhathast ann an nèamh cìod an tìotal a bheir mise no thusa dha, ach na'm faiceadh e sinn ag ùrnuigh mar a theagaisg e d'a dheisciobuil a dheanamh, agus a' tighinn beò ann an co-chomunn Dhe chòrdadh sin ris agus dheanadh e toilichte e, oir leigeadh e fhacinn da gu robh a *spiorad* féin annainn. Na'm feumainn a ràdh ann am facal no dhà cìod a tha spiorad Chrìosd a' ciallachadh theirinn so, creideamh neo-ghluasadach ann an Dia agus creideamh neo-ghluasadach ann an éifeachd ùrnuigh.

Is e ùrnuigh toiseach is meadhon is deireadh na diadhaidheachd: gun ùrnuigh cha mhair an diadhaidheachd na's fhaide na 'm fochann a dh' fhàsas air talamh teth tana. Cha b'è tuiteamas a bha ann gu robh beatha Chrìosd cho maiseach 's a bha i, no gu'n d' fhuair e buaidh air gach buaireadh a dh' amais air anns an t-slighe; cha b'è tuiteamas a bha ann gu'm b'urrainn e a ràdh aig crìoch a thuruis, "Tha Prionnsa an t-saoghail so a' teachd ach cha 'n 'eil dad aige ainm-sa"; b'è an t-aobhar gu'n d'ullaich e e féin air son gach ceum a ghabh e rianh le ùrnuigh. Bha Dia maille ris fad na h-uine a *chionn gu robh e a' creidsinn gu robh*. An uair a dh' fhanas duine sàmhach agus nach gairm e air Dia thèid Dia uigh air n-uigh as an t-sealladh air gus mu dheireadh noch 'eil de eòlas aige air Dia ach an t-eolais a tha aig daoine air na sìthichean—amharus nach 'eil an leithid idir ann. Ach an uair a cluannas duine suas càirdeas ri Dia le ùrnuigh agus a clleachdas e a bhi bruidhinn ris mar a bhruidhneas e ri caraid a tha 'n a sheasamh làmh ris thig Dia na's dlùithe agus na's dlùithe do'n duine sin, cho dlùth agus gu bheil a bheatha agus a ghluasad ann. Sin mar a bha Dia do Chrìosd, agus b'è so a bha aige anns an t-sealladh an uair a bha e a' teagasg nan abstol—gu'm biodh Dia dhaibh a ni a bha e dha féin. Cha robh Dia cho beò no cho dlùth do na deiseibuil 's a bha e dhàsan, agus bha e duilich leò a chreidsinn gu robh na nithean a bha e ag ràdh mu Dhia fìor, no gu'm faigheadh iad le ùrnuigh na nithean a bha e ag innseadh dhaibh. Ach thòisich iad air dearbhadh a chur air fìrinn a bhriathran 'n am beatha féin, a' gabhail ceum beag goirid an dràs, 's a rithist mar gu'm biodh pàisde a bhios air bheil coiseachd, agus fhuair iad a mach gu robh dòigh Chrìosd ceart, agus gu'm b' fhiach do dhuine an creideamh a bha aig Iosa a thaobh Dhe is ùrnuigh a bhi aige, a chionn gu'n togadh e suas an làthaich e agus gu'n socraicheadh e a chasan air carraig. Mur bi sinn ag ùrnuigh cha bhi ann an Dia dhuinn ach sgeul air an

cuala sinn ionradh le éisdeachd na cluaise; bith dhiùmhair a tha chò fada bhuaime air taobh thall an t-saoghail 's nach dean e aon cluid maith no ole dhuinn; ach an uair a thòisicheas sinn air ùrnuigh thig atharrachadh air ar smuaintean agus air ar faireachduinnean mu Dhia; fàsaidh e soilleir is dlùth is maiseach dhuinn, 'n a Dhia beò agus fìor. Sin an t-iompachadh a tha dhùth air a' mhòr-cluideachd do dhaoine an diugh, gu'm biodh Dia 'n a Dhia beò is fìor daibh, an àite a bhi 'n a sheann sgeul air an cual iad ionradh ach anns nach 'eil suim aca. Gus am bi Dia 'n a Dhia beò dhuinn cha bhi e 'n a Dhia cumhachdach, agus gus am bi an seòrsa creidimh againn ann a bha aig Chrìosd ann an làithean fheòla cha dean e leinn no annainn oibre cumhachdach no iongantach.

An uair a thòisicheas duine air Chrìosd a leantail a thaobh ùrnuigh is e a' cheud ni a gheibh e a mach, gu'm feum e na beachdan leanabail a bha aige a leigeil seachad. Ged a bha Chrìosd ciunteach gu'n éisdeadh Dia ris agus nach bu dìomhanas dha rianh dol thuige ann an ùrnuigh cha robh e 'n a' chnap-starra d'a chreideamh nach do fhreagair Dia a ghuidhe air uairean. Is e an tìodhlac as luachmhoire a tha Dia a' toirt seachad do luchd na h-ùrnuigh, e *féin*; tha e a' toirt seachad thìodhlac eile cuideachd agus a' freagairt an athchuingean ach is 'è an duais mhòr is bheannaichte a tha luchd na h-ùrnuigh a' faotainn, Dia féin; agus ùrnuigh air bith a tha toirt an fhuir a tha 'g a deanamh a steach do cho-chomunn Dhé—cha 'n 'eil i gum fhreagairt. Agus an uair a Dia cho beò is fìor is dlùth do dhuine 's gu bheil co-chomunn is conaltradh aige ris, tha an duine sin ann an da-rìreadh air a bhreith a ris. Chaidh na seann nithean seachad, agus feuch tha na h-uile nithean ùr; tha smuaintean ùr aige mu Dhia; tha e ann an dàimh ùr ris; tha dearbhachd ùr aige a thaobh an t-saoghail neo-fhaicsinnich.

Is e an t-aobhar gu bheil uiread dhaoine a bha air am baisteadh anns an eaglais Chrìosduidh a' fas suas 'n an cìmhich agus a' tuiteam air falbh o ghràs, nach d' fhuair iad rianh greim ceart air Dia no air ùrnuigh. Sin an dà ni air an do chuir Chrìosd cudthrom a theagaisg. Thoir air falbh Dia agus ùrnuigh as a bheatha féin agus thug thu air falbh na dearbh nithean anns an robh beatha a spioraid, na dearbh nithean a bu bhìadh 's a bu dheoch d'a anam. Sin an t-aobhar, mata, gu bheil ni ag ràdh gu bheil spiorad Chrìosd a bhi againn a' ciallachadh so, gu bheil sinn ag altrum creideamh neo-ghluasadach a thaobh Dhé mar a bha esan, agus gu bheil an creideamh sin a' toirt dhuinn beachdan ùr a thaobh ùrnuigh, dearbhachd nach 'eil ceann no crìoch aig an éifeachd a tha



ann an ùrnuigh chreidmheach. B'è earbsa làidir Chrìosd ann an Dia agus an dàimh dlùth anns an robh e a' gluasad maille ri Dia uathair-aobhair gach mì maith is beannaichte a bha 'na bheatha, mathair-aobair nan oibre cumbhachdach a rinn e; is ann bhuapa a shruth na subhailcean naomh a bha cho combharraichte ann, faighidinn, gràdh, ciùine, neo-fhéinealachd, dìlseachd eadhon gu bàs, agus sin am baisteadh d'a spiorad a b' fhearr a b' urrainn dhuinn uile fhaotainn—gu'm biodh Dia agus ùrnuigh a' ciallachadh dhuinn na bha iad a' ciallachadh dhàsan. Ma tha sinn a' snuaineachadh air Dia agus air ùrnuigh ann an dòigh a tha calg dhìreach an aghaidh a dhòighe-san tha sinn fada air seachran agus cha bhain sinn da.

ANNS A CHATHAIR.

(*Air a leantuinn.*)

“Ciamar a bhios gliocas aig daoine,” arsa mise, “a tha cur seachd am beatha a' riaghladh os cionn dhaoine eile? Nach mill riaghlad-aireachd gliocas?”

Sheall Caiaphas orm mar gu'n labhairinn toibheum ach is e a thubhairt e, “A bheil Iosa a' teagasg amaideachd de'n t-seòrsa sin.”

“Bu mhaith le Iosa,” arsa mise, “gu'n teagaisgeadh na daoine a tha glie iadsan a tha aineolach, agus gu'n cuidicheadh na daoine a tha làidir iadsan a tha lag.”

Bha Caiaphas 'na thòd mionaid no dhà, ach an sin labhair e gu cas mar gu'm biodh e a' call fhaighidinn rium. “Ciamar a sheasadh a leithid sin de rìoghachd. Cha 'n aithne do Iosa nàdur mhic an duine; cha 'n aithne dha an t-olc agus an t-eud, an gamhlas agus an gion, am fuath agus am farnad, a tha ann an cridheachan dhaoine, agus na'm faigheadh iad an t-saorsa a tha esan air son a thoirt daibh cha sheasadh an Staid aon bhliadhna; rachadh gach nì purraich air tharraich; cha bhiodh urram aig daoine do'n lagh, bhiodh lagh dha féin aig a h-uile duine agus cha 'n fhaigheadh duine idir a dheanamh obair. Creid thusa mise gu'm feum riaghladh a bhì ann an làmh an glie is làidir, ma tha sìth ri bhì air a mealtainn.”

Labhair Caiaphas mar nach gabhadh a' chùis a bhì air atharrachadh dòigh seach mar a thubhairt e, agus a dh' innseadh na firinn theab e mise a chur air uideal leis cho cinnteach 's a bha e as féin; is beag nach d' iompaich a ghliocas saoghalta mi. Ach le sùil m' inntinn chunnaic mi aodann bàigheil Iosa agus am blàths a bha 'n a shùilean; thug an sealladh sin thugam féin mi agus fhreagair mi, “Tha Iosa a' teagasg gu bheil gràdh na's cumbhachdaiche na eagal.”

“Tha e furasda fhaicinn,” arsa Caiaphas,

“gu'n do chuir Iosa druidheachd ort-sa co dhiu, ach innsidh mise dhuit an seòrsa duine a tha ann. Is duine e leis am bu mhaith mise agus an luchd-riaghlaidh eile a chur sìos agus e féin a dhol suas.”

“Cha 'n e sin idir a tha e a' ciallachadh,” fhreagair mi, “agus ma dh' imis daoine dhuibh gu bheil e a' teagasg sin dh' imis iad dhuibh rud nach 'eil fìor. Cha chuala mise riamh Iosa a' searmonachadh rud eile ach sìth is gràdh.”

“A bheil thu an dùil,” arsa Caiaphas, “nach aithne dhomh-sa mò ghnothuch; no a bheil thu a' gabhail ort féin leasan a thoirt do Ard-Shagart Dhé?”

Labhair e gu feargach agus chuir na thubhairt e an fhearg orm-sa cuideachd, ach anns a' mhionaid chumhlich mi an turus air an d' fhàinig mi thuige agus thuirt mi rium féin gu'm feumaim srian a chur air mo nàdur agus a bhì umhail is sìobhalta ris.

“Tha Iosa 'n a charaid gaolach dhomhsa,” thuirt mi ris, “caraid air a bheil gaol mò chridhe agam, agus air mo sgàth féin nach nochd sibh trocain?”

Cha d' fhàinig diog as a bhilean, ach sheall e orm agus chunnaic mi 'na shùilean nach robh trocain 'n a chridhe; cha deachaidh an latha leam. Cha robh iochd no caomhachadh ann an com Chaiaphais ged nach dual do'n t-sagartachd agus do'n iochd a bhì 'n an coigrich d'a chéile. Dh' fhaodadh an cridhe beò a bhì air a spionadh á duine beò agus sùilean glas Chaiaphais 'g a fhaicinn ach cha chuireadh sin tiomadh 'n a chridhe cruaidh. Aon oidhirp eile rinn mi air Iosa a shàbhaladh.

“Thug sibhise rabhadh dhomh-sa,” thuirt mi ris, “ceadaichibh dhòmhsa a nis rabhadh a thoirt dhuibh féin. Tha sibh an dùil gu bheil e furasda Iosa a chur as an rathad ach cumhlichibh gu bheil meas aig an t-sluagh air. Tha mòran dhaoine 'ga leantuinn agus cha leig iad le duine air thalamh a dhochann gum a sheasadh.”

Sheall Caiaphas orm, agus thubhairt e, “Tha cuid 'g a leantuinn aig nach 'eil gaol air bith air.” Thuit an sgleò a bha air mo shùilean cho luath 's a chuala mi am facal, agus dh' aithnich mi gu'n do bhrath Iudas e do na sagartan cheana, agus gu robh innleachd deas aca air son a ghlacadh.

An uair a dh' fhàg mi Caiaphas chaidh mi far an robh Nicodemus, agus dh' imis mi dha mar a bha. Bha esan am beachd nach robh ùine aca roimh 'n Fhéill dol troimh uile chùrsachan an lagha troimh am feumadh iad dol ma'm b' urrainn daibh Iosa a dhètheadh, ach thuirt e gu'm feuchadh iad r'a chur as an rathad an uair a bhiodh an Fhéill seachad, agus gu'm b' fhearr domh dol air mo thapadh agus oidhirp làidir a

dheanamh air Iosa fhaotainn air falbh as a' bhaile gun dàil.

Bha a' ghriann a' dol fodha an uair a chaidh mi sìos do ghàradh Ghetsemane far an robh dòchas agam gu'n tachrainn air. Bha an t-àite cho sàmbach ris an uaigh; cha chluinnteadh ann aon aon diog de ghleadhraich a' bhaile, agus bha e uile gu léir cho taitneach 's nach cuireadh e ioghnadh ort ged a bhiodh Dia féin air fhaicinn ann, a' coiseachd ann an sàmhchair agus ann am fionnarachd an fheasgair. Bha mi greis mar sin, ag òl a steach maise an t-saoghail, an uair a dh' fhairich mi làmh air a leagail air mo ghualainn. Cò a bha so ach Iosa, ach a' cheud sealladh a fhuair mi air 'aodann thuit mo chridhe gu ruig mo shàiltean, oir bha sgeul mo léiridh 'n a shùilean. An uair a chunnaic e gu'n do ghabh mi seòrsa de eagal chrom e agus phòg e mì, agus gun a làmh a thogail bhàrr mo ghualainn dh' fheadraich e dhìom ciamar a bha dol domh. Cha b'urrainn mi a fhreagairt, oir chuimhnich mi an turus air an d' thàinig mi is nàire orm.

"Iosa," thubhairt mi, agus mi a' glacadh misnich, "thàinig mi 'g ad chuir 'n ad earalas agus a thoirt rabhaidh dhuit. Chunnaic mi Caiaphas, agus tha an làn àm agad teicheadh." Theannaich e a ghreim air mo ghualainn agus fhreagair e.

"C' àite an teichinn? Cia mar a theicheas duine o thoil Dhé. Ma dhùreas mi gu nèamh tha a làmh-san tharam agus ma théid mi sìos do ifreann tha e an sin cuideachd."

An uair a chuala mi e a' bruidhinn mar so bha fhios agam glé mhaith nach rachadh agam air a thoirt leam.

"Bidh tu air do mharbhadh, ma dh' fhanas tu," thuirt mi ris.

"Treòraichidh Dia mi," fhreagair e, "eadhon gu bàs." Bha e air chrith, agus thàinig crith orm-sa cuideachd leis an eagal.

"Tha m' anam," ars esan, "fo iomguin ach ciod is urrainn mi a dheanamh. Rinn mi m' ùrnuigh ri Dia e 'gam thearnadh, ach is coltach gur e so a' chrìoch a dh' òrduich e dhomh. Liubhair mi do'n t-saoghal an teachdaireachd a thug esan dhomh, agus ma tha am bàs 's an dàn dhomh feumaidh e bhith gur e sin toil Dhé. Ann an uohlachd dhasan tha beatha an anama. Ach tha mi fo eagal."

Bhrùchd braonmeanan falluis a mach air 'aodann, ach cha b' urrainn dòmhsa a chuideachadh; cha b' urrainn domh ach a bhli sàmhach.

"Tha Dia air mo thréigsinn," ars' esan, "tha mi air an t-solus a chall agus cha léir dhomh a rùintean. Tha eagal a' bhàis 'gam phianadh, ach ged a ghlaodhas mi ri Dia cha fhreagair e. Tha àmbgharan 'gam chuartaich air gach

taobh ach cha 'n 'eil neach ann a chuidicheas mi."

Bha de ghaol agam air agus gu'n do leòn a bhròn mo chridhe mar gu robh mi fhéin ann an impis dol sìos do shlochd dorcha na h-éigin.

"Is còir duinn," thubhairt e, "gabhail ri tìodhlacan Dhé, agus ma's e am bàs an tìodhlac a tha Dia a' tairgsinn dhòmhsa an e nach gabh mi e. Gabhaidh le m' uile chridhe." Ach an ath mhionaid chaidh e air 'aghaidh, "Fhuair mi daoine air mhìsg agus gun ghin idir air an robh tart na còrach. Dhòirt mi a mach m' anam air an son ach cha d' thug iad fanear. O mo shluagh ciod a rinn mi oirbh nach gràdhaich sibh mi? Tha bròn air m' anam a chionn gu bheil sibh dall 'n 'ur cridhe."

Bha fhallas a' tuiteam sìos air 'aodann agus shiab e e air falbh le mhuilcheann.

"Nochd mi do dhaoine slighe na beatha ach cha lean iad mi. Roghnaich iad Fuath an àite Gràdh, agus ciamar is urrainn mi a nis an saoradh o'n àmbghar a thig orra an lorg an amaideis. Cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh. Cha 'n ann rium-sa a tha iad a' cur cùl ach ri Dia." An sin chaidh e ceum air aghaidh agus sheas e greis mhaith gun facal a ràdh ach a' sealltainn a null air beanntan Mhoab a bha a' cur orra an currachd-oidhche, agus air baile Ierusalem a bha shìos fodhainn agus e cho buidhe ris an òr leis na gathan mu dheireadh o'n ghréin a bha dol fodha. Thòisich e an sin air spaisdearachd agus chuala mi e ag ràdh mar gu'm biodh e a' bruidhinn ris féin. "Tha a' bhuaidh aig an t-saoghal agus cha 'n ann agam-sa. Cha 'n 'eil eadhon iadsan a thug Dia dhomh agus a lean mi a' tuigsinn ciod a tha rìoghachd Dhe a' ciallachadh. Tha mi, a réir choslais, air m' àireamh ann measg nan ciontach. Ach cha bhì an saoghal gun bhreith a thoirt air, oir an uair a thuingeas daoine mo theagasg bheir iad breith orra féin. Tha e eu-comasach gu'm bì a' bhuaidh aig *Fuath*. Cha 'n 'eil ann am Fuath ach nì lag. Ach do bhrìgh gur ann o Dhia a tha *Gràdh* tha e làidir, agus tha misneach aige fulang. Dl' fhairtlich orm-sa a' bhuaidh fhaotainn air an t-saoghal, ach gheibh na daoine a thig a'm' dhéidh i, oir tha Dia a' riaghladh agus thig a rùintean gu crìch."

"Tha an saoghal," ars' esan maiseach, "agus is cruaidh an nì am bàs. Chunnaic mi am bàs a' tighinn gu daoine eile agus a nis tha e a' tighinn thugam féin, ach air cho cruaidh 's 'ga bheil e feumar dol 'n a choinneamh. Bu mhaith leam a bhì leam féin a nis, oir cha 'n urrainn duine cuideachadh leam, ach cha 'n fhaod nach éisd Dia rium."

* * * * *

(*R'a leantuinn.*)

PROLOGUE

The first part of the book is a general introduction to the subject of the history of the world. It is a very interesting and informative work, and it is well worth reading. The author has done a great deal of research, and his knowledge of the subject is evident. The book is written in a clear and concise style, and it is easy to read. It is a good introduction to the subject, and it is well worth reading.

The second part of the book is a detailed account of the history of the world. It covers the period from the beginning of time to the present day. The author has done a great deal of research, and his knowledge of the subject is evident. The book is written in a clear and concise style, and it is easy to read. It is a good introduction to the subject, and it is well worth reading.

The third part of the book is a detailed account of the history of the world. It covers the period from the beginning of time to the present day. The author has done a great deal of research, and his knowledge of the subject is evident. The book is written in a clear and concise style, and it is easy to read. It is a good introduction to the subject, and it is well worth reading.





SITH AIR THALAMH.

Buidheachas do Dhia tha an cogadh ullamh agus sith air a deanamh, ged nach 'eil deagh-bean fhathast ann measg dhaoine no rud coltach ri réite. Air a' mhios a chaidh seachad chuir a' Ghearmailt a h-ainm ri cùimhantail na sith, ged a thug i rabhadh do'n t-saoghal nach robh i a' gabhail riutha a chionn gu robh i 'gan aideachadh ceart ach a chionn nach robh comas aice an còrr a dheanamh. Cha 'n 'eil ann ach aon seòrsa sith ris an fhiach sith a ràdh, agus is e sin an t-sith a tha air a stéidh-eachadh air réite. Mur dean a' Ghearmailt agus na rìoghachdan eile réite r'a chéile cha 'n fhiach an t-sith so bonn a h-ochd. Anns na bliadhnanachan so fhuair a' Ghearmailt a' cheart leas a theagasg dhi a fhuair Napoleon bho chionn ceud bliadhna, gu bheil lagh Dhé is spiorad mlie an duine is uile chumhachdan an Fhreasdail a co-oibreachadh maille r'a chéile an aghaidh neach no rìoghachd a dh'fheuchas ri làmhachas-làidir a dheanamh air an coimhearsnach agus an còraichean a thoirt bhuapa. "Dean an t-ole is fan r'a dheireadh," tha an sean-fhalac ag ràdh, agus mur biodh an sùilean dall chitheadh na Gearmailtich nach d' thàinig dad orra ach rud a thoill iad. Cha ruigear a leas, mata, deòir a shileadh ann an co-fhaireachduinn ris a' Ghearmailt a tha nis a' caoidh 's ag ochanaich mu na cumhachdan cruaidh is teann a chuireadh orra. Cha 'n 'eil i ach a' faotaim duais a toillteanais, agus ma tha a bròn 'na bhron diadhaidh agus gu'n oibrich e aithreachas innte, cha ruig i a leas eagal a bhì oirre gu leig coguis a' chinne-daonna leis na rìoghachdan eile co-bheim a dheanamh 'na h-aghaidh los an t-srathair a chumail air a druim. Nochdadh i do'n t-saoghal gu'n do thilg i dhith cuing nan tighearnan-cogaidh agus nach 'eil rud air bith 'na beachd ach a marsantachd agus a cùisean saoghalta eile a chur air adhart ann an dòigh laghail agus ann an sith, agus faodaidh i bhì cinnteach gu faigh i ceartas.

Cha mhò a leigeas sinn leas deòir a shileadh ann an co-fhaireachduinn ri ochanaich nan rìoghachdan uile mu'n uallach a chuir an cogadh orra, fiachan nach bi air an pàigheadh leis an fhlicheadamh gineal a thig 'n ar déidhne. Fhuair iad uile ann an tomhas an rud a thoill iad, oir ged a tha e fìor gur ann air ceann na Gearmailte a tha a' chuid as motha de'n chionta tha e fìor cuideachd gu bheil

pàirt dheth air ceann gach rìoghachd anns an Roinn-Eorpa, beag is mor, oir bha iad uile armachte, a' cur an dòchais ann an airm-chogaidh agus a' deanamh uail asda.

Ma tha rìoghachdan a' dol air an aghaidh mar a bha iad riamh, ag ullachadh dhaoine is arm air son cogaidh, cha 'n 'eil ann ach an fhiòr fhaoinas dhaibh a bhì an beachd nach téid iad a chogadh. Theagamh nach 'eil cogadh 'n am beachd a dh' aon ghnothuch agus gu bheil iad gu h-onorach an dùil nach 'eil rud air an aire ach sith, ach biodh na daoine agus na h-aimm deas agus luath no mall thig an cogadh a dh'aindeoin an boicinn. Biodh arm ann an làmh duine agus uair air chor-eigin bheir e tarruing air. Gu'n gabh feachd mór dhaoine anns a h-uile rìoghachd a bhì air an ionnsachadh gu tapaid a dheanamh, urram mór is airgid mór air a thoirt daibh gus iad féin a dheanamh iomlan anns gach cleas a tha innte, agus an còrr de'n t-sluagh a' deanamh bòilich is bostruinn nach 'eil arm eile air an t-saoghal coltach riu (mar a tha gach dùthaich a' deanamh); gu'n gabh sin a bhith agus gun chogadh a bhì ann—co a chreideas sin ach pàisdean is amadain? Is e màthair-aobhair cogaidh gu bheil na rìoghachdan a' gleidheadh suas arm, agus gus an stad iad de bhì ag ullachadh air son cogaidh cha bhì sith mhair-eannach ann.

Chana tha clann Edoim a' tòiseachadh air éigheach gur e an dòigh air sith a ghleidheadh a bhì deas gu cogadh. Ach cha robh, agus cha 'n 'eil, agus cha bhì ann an clam Edoim ach daoine gun chiall: tha boinne de'n chutlach anna féin agus bu mhaith leò daoine eile a chur bhàrr an siùil. Ach as uchd mhaithis na toireamaid creideas daibh; ma tha na bliadhnanachan mu dheireadh so a' teagasg dad idir tha iad a' teagasg so (rud a tha cho soilleir ris a' ghrèin) nach robh an cogadh idir ann *mur bhùtheadh na rìoghachdan deas ann an 1914*. Is ceist i a tha anabarrach duilich ciamar a gheibhear air falbh o bhì cunnail suas arm, ach is ceist i a dh' fheumar a shocruchadh ma tha an cinneadh-daonna ri bhì air an saoradh o chunnart cogaidh. Gabhaidh a' cheist so ùine agus dragh, ach do brìgh gu bheil Breatann mór is làidir is beartach agus nach ruig i a leas eagal a bhì oirre gu'n cuirear gealtachd as a leth air a shon, tha sinn an dòchas gu'n giùlain i uallach an latha ann an oidhirp air a' cheist sin fhuasgladh mar a giùlain i uallach an latha a chosnadh na sith as eugmhais nach biodh e comasach smuain-

eachadh air a' cheist so idir. Mur dean Breatunn no America e, cha 'n 'eil rìoghachd eile a ghabhas móran suim do'n cheist; leigidh iad le cuisean dol air an aghaidh mar a bha iad riamh—agus ceud bliadhna 'na dhéidh so thig an seann uamhas air ais is uamhasan ùr maille ris.

Tha an saoghal an diugh làn aimhreit is tapaid, mort is marbhadh, fuath is gambas. Cha ruigeamaid a leas fiughair a bhì againn ri rud eile, oir ciamar is urrainn duit ciall a chur ann an euthach, no toradh sìochail na fireantachd fhaotainn o rud a tha cho ne-reusanta ri cogadh. Tha an Roinn-Eorpa a' buainn an droch shìl a chuir i, ach ged a dh' fheumas sinn duais ar deanadais a ghiùlan tha Dia a' toirt a nis cothron eile dhuinn ar tigh a chur an òrdugh agus ar cinn a chur r'a chéile a dh' fheuchainn an gabh rathad fhaotainn air ar clàidhean a bhualadh gu coltairean. Gus an tachair sin bidh cumart cogaidh os cionn ar beatha. Is maith an rud sith a bhì eadar rìoghachdan eadhon ged nach 'eil anns na bannan a tha 'g a cumail ach laghanan teamn air an sgrìobhadh air pàipear, ach b' fheàrr air fad sith a bhìodh air a stéidheachadh air réite is deagh-ghean is gràdh bràithreil. Cha ghabh an t-sith sin a bhì ann fhathast ach thig i ri ùine agus is maith gu'n tig. Agus tha e gu sònruichte mar fhiachaibh air sluagh an Tighearna gach ni as urrainn daibh a dheanamh a chum lagh is teagasg Chrìosd a chumail fa chombair an t-saoghail air a' chùis so.

URNUIGH AN TIGHEARNA.

Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh.
—Lucas, XXIII., 34.

An uair a bhìodh daoine air an ceusadh agus iad an impis dol as an ciall le pian is pathadh bha e a' tachairt gu tric gu'n chuinnteadh iad a' mionnachadh agus a' mallachadh Dhe is dhaoine. Bha na saighdearan cleachdte gu leòir ri mionnan is toibheum a chluinntinn o'n chrann-cheusaidh. Ach cha chual iad guth mór no droch fhacal o bhìlean naomh Iosa an uair a thog iad suas e; an àite sin chual iad rud ris nach robh dùil aca agus nach cual iad riamh roimhe, chual iad e ag ùrnuigh air an son féin agus air son nan uile dhaoine eile aig an robh làmh 'n a bhàs, *Athair, thoir maitheanas dhaibh, oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a' deanamh.* Nach leòir an dearbhadh sin gu'n b'e Iosa mac Dhe, oir cha 'n ann do spiorad an t-saoghail so a bhùineas ùrnuigh cho iongantach agus cho nèamhaidh. Bu mhaith an duine Daibhidh ach ghuidh esan gu'n sgrìosadh Dia a naimhdean agus gu'n

dubhadh e a mach an ainmean á leabhar na beatha. Ghuidh Jeremiah an ni ceudna; ghuidh e air Dia là an uile a thoirt air a naimhdean agus an sgrìos le sgrìos dubailte. Ach dh' iarr Iosa d'a naimhdean maitheanas an àite sgrìos, beannachd an àite mallachd, agus mar sin faodar an ùrnuigh so a ghabhail mar dhearbhadh air a dhiadhachd.

Cha 'n e so an seòrsa ùrnuigh a bhios daoine am bitheantas a' cur suas an uair a' bhàis. An uair a bhios sgàil na siorruidheachd a' tuiteam air an anam, agus am bàs dlùth; an uair a thig peacaidhean na h-òige agus cuimhne air cathair breitheanais air an ais gu imtinn dhaoine, bidh iad a' guidhe 'n an ùrnuighean air son maitheanas is sith ri Dia. Ach ged a bha am bàs glé dlùth do Iosa an uair a rinn e an ùrnuigh so cha d' iarr e maitheanas, agus cha mhlò a bha teagamh aige nach robh e ann an sith ri Dia. Cha d' iarr e maitheanas, oir cha b' aithne dha ann féin aon smuain no iarrtus nach robh a réir imtinn Dhé. Cha b' urrainn da am peacadh a bu lugha a chur as a leth féin oir ghluais e ann an aonachd ionlan ri Dia uile làithean a bheatha. Agus sin dearbhadh eile air a dhiadhachd.

Anns an t-searmon ris an abrar searmon na beinne dh' iarr e air a dheisciobuil an naimhdean a ghràdhachadh; dh' iarr e orra na daoine a mhallachadh iad a bheannachadh, agus maith a dheanamh do na daoine a bha a' deanamh eucoir orra, agus a nis air a' chrann-cheusaidh chuir e an teagasg sin ann an cleachdadh e féin, a leigeil fhaicinn do shaoghal olc is mì-chreideach gu'n gabh a theagasg a chur ann an cleachdadh ann an darireadh. Their muinntir an t-saoghail riut ann an clàr an aodainn nach gabh teagasg Iosa a bhì air a chur ann an cleachdadh 'na leithid so do shaoghal; their iad gu bheil e maiseach is nèamhaidh gun teagamh ach nach 'eil e freagarrach air son dhaoine a dh' fheumas reic is ceannach a dheanamh, agus obair an t-saoghail a chur air aghaidh. Their iad riut na'n tòisicheadh marsanta air a ghnòthuch a dheanamh a réir teagasg an t-searmon so nach fhada gus am biodh e briste. Ach cha 'n 'eil còir air bith aig daoine a bhì ag ràdh nach gabh teagasg Iosa giùlan a mach, *oir cha d' fheuch iad riamh ris.* Cha do theagaisg Iosa rud air bith nach do ghiùlan e a mach 'na bheatha féin. Chuir e a theagasg féin ann an cleachdadh, agus is e teisteanas a' chinne-daonna gur esan an aon duine a fhuair riamh buaidh ionlan air an t-saoghal. Fhuair e a' bhuidh a chionn gu'n do chuir e ann an cleachdadh an teagasg anns a bheil muinntir an t-saoghail a' cur amharuis.

Tha e duilich do dhuine maitheanas a thoirt d'a dhearg namhaid, ach ged a tha, cha 'n 'eil





sin a' ciallachadh nach còir a dheanamh. A thaobh teagasg an Tionnaidh Nuaidh tha so fiòr (ged nach toir daoine mòran aire dha) nach 'eil dleasdanas spioradail eile ann air an do chuir Iosa féin uiread de chudthrom 's a chuir e air maitheanas a thoirt do dhaoine a rinn cròn oirnn. Tha e mar fhiachaibh air sluagh an Tighearna an spiorad so a nochdadh a cheart cho cinnteach 's a tha e mar fhiachaibh orra ùrnuigh a dheanamh, no comanachadh a ghabhail, no aobhar an t-soisgeil a chuideachadh le'n airgid. Ann an aon àite tha Iosa a' cur an dleasdanas so air thoiseach air gach dleasdanas no iobairt eile, "Ma tha thu a' tairgseadh do thiodhlaic aig an altair, agus gu'n cuimhnich thu an sin gu bheil nì air bith aig do bhràthair ann ad aghaidh, fàg do thiodhlaic an sin fa chomhair na h-altarach, agus imich agus dean réite an toiseach ri do bhràthair, agus an sin thig agus tairg do thiodhlaic." Nach àrd agus nach maiseach agus nach dùilich teagasg Chrìosd? Co is urrainn a chiomhlionadh? Ach eadhon an uair a thuislicheas tu ann, na toir suas; cùm ort agus romhad, cùm do shùil air na beanntan o'n tig do neart, oir bheir Dia cuideachadh daonna dhaibhsan a tha ag iarraidh a thoil a dheanamh gu dùrachdach. Agus an rud a tha eucomasach daibh an uair a' tha iad ann an caidreamh an t-saoghail agus air an riaghladh le spiorad an t-saoghail bidh e comasach daibh an uair a tha iad a' fantuinn ann an companas Iosa agus ann an umhlachd a thoile.

Tha aon de sheann aithrichean na h-eaglais ag innseadh dhuinn gu'm b' àbhaist do fheadhainn de'n choimhthional aige féin na briathran ud fhàgail a mach á ùrnuigh an Tighearna—*amhail a mhaith sinn d' ar luchd-fìach*. B'e an t-aobhar air sin gu robh fhios aca gu maith nach d' thug iad maitheanas seachd, agus gu robh eagal orra maitheanas iarraidh air Dia anns an tomhas anns an d' thug iad seachad e. Bha fhios aca na 'n deanadh Dia orra mar a rinn iad féin air daoine eile, nach e bean-nachd ach mallachd a thigeadh a uas orra. Nach bochd an rud do dhuine a tha ag aslachadh tròcair Dhé an-tròcair a nochdadh d'a bhràthair! Is iad na daoine tròcaireach a gheibh tròcair o Dhia; cruadhaich do chridhe ann an aghaidh do bhràthar agus diult maitheanas dha no sealltainn thairis air a theachd-geàrr, agus cha tuit na's motha na boinne beag de bheannachd Dhé air do cheann, ged a dheanadh tu do theanga tana le atchuingean; ach thoir maitheanas do do bhràthair thu féin agus gabhaidh Dia sin mar chomharra air gur duine thu is airdh air maitheanas is tròcair agus tuitidh frasan beannachd air do cheann.

An do fhreagair Dia ùrnuigh a mhic air a' chrann-cheusaidh—*Athair, thoir maitheanas*

dhaibh. Ann an aon seadh cha do fhreagair, ach ann an seadh eile fhreagair gu pailt. Cha do fhreagair e i anns an t-seadh gu robh na daoine a chuir Iosa gu bàs air an iompachadh agus air an toirt a steach d'a rioghachd. Cha robh na saighdearan air an iompachadh; cha mhò a bhàsaich Iudas ann an sìth ri Dia. An àite iad a bhi air an tionndadh gu Dia faodar a ràdh gu'n do lean mallachd Dhe gach neach aig an robh làmh ann an bàs a mhic. Chaill Herod a nàire shaoghailta, chaill Pilat a dhreuchd, agus chuir Iudas làmh 'na bheatha. Ann an ùine ghoirid leagadh baile Ierusalem gu làr, chaill na sagartan an urram 's an inbhe, agus o'n latha sin cha 'n 'eil anns na h-Iudhaich ach sluagh gun dachaidh gun dùthaich, sluagh a tha gun mheas gun chliù an measg nan cinneach eile, sluagh air nach 'eil ach "bual thall is coinnich a bhios e." Aon uair 'n an eachdraidh ghlaodh iad le aon ghuth, "Ceus e, ceus e, biodh fluil oirme agus air ar cloinn," agus fhuair iad an guidhe; bha Mac Dhé air a cheusadh leò agus faodar a ràdh gu bheil fluil air an cinn gus an lá an diugh.

Ach mur robh ùrnuigh Iosa air a freagairt anns an t-seadh gu robh an fheadhainn a mharbh e air an iompachadh bha i air a freagairt ann an dòigh a b' fharuinge; bha i air a freagairt (agus tha i 'ga freagairt fhathast) anns an atharrachadh a thug i air an t-saoghal a thaobh smuaintean dhaoine mu dhioghaltas agus mu mhaitheanas. Anns an t-seann t-saoghal cha 'n e mhàin nach tugadh duine maitheanas d'a nàmhaid ach cha robh e a' creidsinn gu robh e mar fhaichaibh air a dheanamh, agus cha saoil-eadh e na b'fheàrr dheth féin na'n deanadh e e. Tha e air innseadh mu aon de na seann tighernan Gàidhealach gu'n d' thug e taing do Dhia air leabaidh a bhàis gu'n deachaidh aige rè a bheatha air mòran maith a dheanamh d'a chàirdean agus mòran millidh a dheanamh air a naimhdean. Bha an seann saoghal a' creidsinn ann an dioghaltas. Ach tha an saoghal ùr a' creidsinn ann an lagh as àirde agus eadhon ged nach 'eil daoine a' giulan a mach an lagha sin no a' toirt maitheanas d'an naimhdean mar bu chòir daibh tha fhios aca gu'm bu chòir daibh a dheanamh. Is e Crìosd a rinn an t-atharrachadh sin, agus cha 'n 'eil facal eile 'ua theagasg no giùomh eile 'na bheatha a bha 'na mheadon air a dheanamh cho mhór ris an ùrnuigh so, *Athair, thoir maitheanas dhaibh*. Tha i 'g a freagairt le Dia na's motha agus na's motha mar tha na bliadhnachan a' dol seachd agus spiorad a' ghràidh a' foatainn na buadha thairis air fuath is an-ìochd.

Ann an aon seadh bha fhios aig na daoine ud gu maith ciod a bha iad a' deanamh. Bha

fhios aca gu robh Iosa a' seasamh anns an rathad orra, agus mar sin chuir iad romhpa a chur gu bàs. Ach ann an seadh eile cha robh fhios aca ciod a bha iad a' deanamh; cha bu léir daibh an olcas féin no olcas an gnòimha ann an sùilean Dhe. Is ann an uair a *thàinig e thuige féin* a thuirte am mac seachranach "Eiridh mi agus théid mi gu m' Athair." Gus a sin cha robh e *aig féin*; cha b' aithne dha ciod a bha e a' deanamh; cha do thuig e riamh gu ceart a sheachran no 'amaideas. Na'n tuigeadh daoine gu ceart ciod a tha iad a' deanamh cha bhiodh iad eas-unhail do Dhia agus cha blriseadh iad a lagh, oir is e Dia an Athair agus an Caraid as fearr, agus ann an umblachd dhà tha sìth is sonas is àgh. Ach tha am peacadh agus an saoghal a' dalladh an sùilean air chor agus nach aithne dhaibh ciod a tha iad a' deanamh, agus ceusaidh iad mac Dhé as ùr. Ach ged a tha esan a nis air àrdachadh gu ionadan nèamhaidh cha d' atharraich a nádur agus tha e an diugh fhathast agus bithidh e gu sìorruidh a' coimhlionadh ministrealachd éifeachdach an làthair Dhe as leth a bhràithrean peacach air thalamh, a làmhnan togta gu sìor ann an eadar-ghuidhe air an son, *Athair, thoir maithneas dhaibh, oir cha 'n 'eil fhios aca ciod a tha iad a deanamh.*

ANNS A CHATHAIR.

(*Air a leantuinn.*)

Feumaidh e bhith gu'n do thuit an cadal orm, oir fluair mi mi féin a' leum air mo chasan, agus chunnaic mi gu robh Iosa agus Eoin is Peadar is Seumas làimh rium. Chuala sinn farum chas, agus an sin chunnaic sinn daoine agus lòchran aca a' deanamh lom is dìreach oirm. Ann an solus nan lòchran dh' aithnich sinn gur e maoir an teampull a bha ann agus Iudas Iscariot air an cùlaobh. Sheall iad oirm gu dùr an uair a ràinig iad sinn agus rinn an ceannard aca mar gu robh e a' dol a bhreith air Seumas, ach chuala mi Iudas a' cur cagar 'n a chluais nach b'e Seumas an duine ceart. An sin thainig Iudas a nall far an robh Iosa 'n a sheasamh agus air dha breith air làimh air chom e a cheann mar gu'n robh e a' dol 'g a phògadh. Ach leag Iosa a làmh air gàirdean Iudais agus gun feitheamh r'a phòg phòg e Iudas agus thuirte ris. "A charaid dean do ghnòthuch a nis."

An sin rug na maoir air Iosa, agus chuir iad ris cho teann 's gu'n do leum an fhearg air Peadar, agus a steach 'nam measg bha e is claidheamh mór leubaisteach 'na làimh. Ach bhruidhinn Iosa gu smachdail ris agus thubhairt e, "Cuir bhuaite an t-arm sin, a

Pheadair, nach d' thubhairt mise riut cheana gu'n sgriosar leis a' chlaidheamh iadsan a chuireas an earbsa ann."

Thuit Peadar air ais, agus an sin dh' fheadraich Iosa de na maoir, "C' ar son a thàinig sibh a bhreith orm le claidhean is bataichean mar gu'm fhear-reubainn mi. Nach do theagaisg mi gu follaiseach anns an teampull, agus cha do chuir sibh làmh orm ann?"

Cha d' thuirte na maoir dìog, agus cha mhò a thuirte Iosa an còrr, ach dh' fhalbh e gu réidh còmhla riu, is Peadar agus mise 'ga leantuinn. Ach chunnaic mi gu'n d' fhan Iudas leis fhéin anns a ghàradh—agus an dorchadas ann.

* * * * *

Thug iad leò Iosa gu tigh an àrd-shlagairt, ged a bha am meadhon-oidheche ann. Cha robh fhios aig na maoir gu ceart co dhiu a bu choir daibh dol gu Annas no gu Caiaphas, ach mu dheireadh chuireadh Annas air a chois. Cha robh an seann duine idir toilichte a bhì air a dhùsgadh; bha e an dà chuid fuar is cas. An uair a dh' innis na maoir dha mu Iosa thionndaidh e ris agus thubhairt e, "Tha iad a' deanamh gearain a' d' aghaidh gu bheil thu a' briseadh an lagha; ciod a tha agad r'a ràdh air do shon féin."

Sheall Iosa air Annas agus fhreagair e, "Tha fhios agad gu bheil e mì-laghail mo cheasnachadh aig a leithid so de uair agus gun sinn a bhì ann an cùirt fhollaiseach; c' àite am bheil na daoine a tha ri fianuis a thubhairt a'm' aghaidh."

Chuir so Annas 'n a bhlathe-cheotha, agus cha robh fhios aige ciod a dheanadh e, oir b' aithne dha an lagh gu maith agus bha fhios aige gu robh Iosa ceart. Mu dheireadh is e a thubhairt e, "Cha 'n ann dòmhsa a bhuineas an gnòthuch so idir ach do Caiaphas, thoiribh air falbh an duine gu Caiaphas."

Rinneadh sin; bha Caiaphas air a dhùsgadh agus Iosa air a thoirt air a bheulaobh. Bha sùil Caiaphais cho geur ri gimleid, ach cha do ghabh Iosa fianh no egal roimhe; cha do rinn e uiread is freagairt a thoirt do chuid de na ceistean mìomhail a chuir e air. "C' ar son nach freagair thu mi," arsa Caiaphas, "nach 'eil fhios agad gu bheil do bheatha ann a'm' làimh."

Thubhairt Iosa gu ciùin, "Cha do theagaisg mise mo bhràithrean riamh ach am am follais, anns na sionagogan agus ann an cùirtean an teampull, agus cionnus a tha thu a' cur nan ceistean sin orm. Tha e mì-laghail mu cheasnachadh mar so, gairm fianuisan." Dh' fhàs aodann Caiaphais dearg, agus air do na maoir sin fhaicinn bhuaite fear dhiubh Iosa air a bheul le a dhorn.

Ach cha do leig Iosa air gu'n do rinn e sin.



SEANN AOIS.

Tha làithean ar bliadhnaicha 'n an tri fichead bliadhna agus a deich; agus le tuilleadh neirt ma bhitheas ceithir fichead ann, is saothair agus doilgheas an spionnadh.—Salm, XC., 10.

Tha an salmadair a' labhairt mar nàch bu bhuanachd e idir do dhuine saoghal fada fhaotainn air an talamh; tha e ag ràdh nach 'eil ann ach saothair agus doilgheas dha ged a ruigeadh e ceithir fichead bliadhna. Ciod do bharaill fhéin air an rud so? A bheil an salmadair ceart, no an do labhair e ann an cabhaig?

Tha e air a ràdh gu robh an t-salm so air a sgrìobhadh le Maois, agus ma tha sin fìor tha an rud na's iongantach uile gu léir, oir is iomadh duine d'am freagradh e na b' fheàrr na fhreagradh e do Mhaois saoghal fada a dhimoladh. Fhuair Maois sineadh làithean nach 'eil móran a' faotainn an diugh ach cha robh an aois 'na h-éire thruim dha, oir ged a bha e sia fichead bliadhna dh' aois cha robh a shùil mall, ni mò a thréig a chàil e. Ghleidh Dia am fion a b' fheàrr dha gu deireadh a làithean.

Cò air bith a labhair mu na bliadhnaich a tha eadar deich is tri fichead agus ceithir fichead mar bhliadhnaich gun mhaith gun sonas; co dhiu is e Maois no Daibhidh a rinn e tha e soilleir nach robh ach aon taobh de'n fhìrinn fa chomhair 'inntinn aig an àm. Bu mhaith leinn fianuisean a ghairm agus leigeil leò an taobh eile de'n fhìrinn a thoirt duinn, daoine a ràinig aois mhór, gun am bliadhnaich a bhi dhaibh 'n an uallach. Bheir sinn dhuit ar facal nach gairm sinn air duine air bith nach d' fhuair ceithir fichead bliadhna de shaoghal. Innseadh na bodaich sin dhuinn, mata, an robh am beatha 'n a h-uallach dhaibh an uair a chaidh iad seachad air deich is tri fichead.

Is e a' cheud fhear a ghairmeas sinn, *Caleb*, duine a bu mhaith a b' aithne do Mhaois; an uair a bha e còig agus ceithir fichead labhair e mar so, "Agus a nis, feuch, ghléidh Iehobhal beò mi, mar a thubhairt e, na còig agus an dà fhichead bliadhna so, o'n àm 's an do labhair Iehobhal am facal so ri Maois, am feadh a dh' imich clann Israeil anns an fhàsach; agus a nis, feuch, tha mi 'n diugh còig agus ceithir fichead bliadhna dh' aois. Fathast tha mi cho làidir an diugh agus a bha mi 's an là anns an do chuir Maois uaithe mi: mar a bha mo neart an sin tha

mo neart a nis, gu cogadh, agus gu dol a mach, agus gu teachd a steach." Cha 'n ann a' bòilich a bha Caleb as a spionnadh mar a bhios fannhairean gun eanchainn aig nach 'eil an còrr as an dean iad uail; bha e taingeil do Dhia air son slàinte is fallaineachd a thoirt da, agus b'e an t-slàinte mhaith a thug Dia dha an t-aobhar gu robh e a' mealtainn a bheatha. Gun slàinte cha 'n 'eil ann am beatha duine ach saothair is doilgheas ciod air bith an aois a tha e, ach le slàinte faodaidh a chridhe a bhi òg sunndach ged a bhiodh e a' streap ris a' cheud.

Is e an ath fhianuis air an gairm sinn, Iain Mill, ministear a bha ann an Sealtainn o chionn fhada. An uair a ràinig Maighstir Iain ceithir fichead sgrìobh e 'n a leabhar-latha, "An diugh tha mi ceithir fichead bliadhna, aois nach 'eil móran a' ruighinn. Tha e air a ràdh nach 'eil anns an aois so ach saothair is doilgheas do'n fheadhainn a ruigeas i, ach buidheachas do Dhia cha 'n ann mar sin a tha e dhòmh-sa, oir tha comas agam m' obair a dheanamh mar a b' àbhaist domb. Gu'n deònaicheadh Dia mo neart agus mo bhuidheachas a chumail rium greis fhathast, agus a bhi dileas 'n a sheirbhis eadhon gu là mo bhàis." Ann an America tha daoine air an cumtas 'n an seann daoine aig dà fhichead agus tilgear a mach as an obair iad gu àite a dheanamh do bhalaich, ach an uair a bha Seoras Watts, fear-ealain ainmeil, ceithir fichead bliadhna sgrìobh e mar so gu caraid, "Chunnaic mi a' ghriann ag éirigh a h-uile maduinn air an t-sàmhraidh so agus tha dòchas agam gu'n dean mi fathast obair is fheàrr na rinn mi riamh." B' àbhaist do'n lighiche ainmeil, Sir Andreas Mac A' Chléirich, a bhi ag ràdh nach 'eil duine 'na sheann duine cho fhad agus a tha comas aig 'iuntinn air aoi gheachd a thoirt do smuaintean agus do bheachdan ùra. Tha sin a' ciallachadh gur e aon de chomharraidhean na h-aoise duine a stad de ionnsachadh. Bha Maighstir Iain Mill 'na dhuine aig an robh iuntinn òg bheothail agus cha do stad e de ionnsachadh gus an do thuit cadal a' bhàis air. Tha iomadh rud neònach is annasach a thachras ort anns an leabhar-latha aige. An uair a bha e sia is ceithir fichead sgrìobh e so 'na leabhar-pòca, "Tha cogadh ris an Fhraing a' dol air aghaidh fhathast. Tha an Fhraing a' maoidheadh tri cheud mìle saighdear a chur air tìr ann am Breatann. Tha an rìoghachd air a sàruchadh le cìsean; tha fhios aig na Frangaich air so agus tha iad ag éigheach gu magail nach urrainn duinn leantuinn oirn. Chuir mi mo làmh ri

paipear, agus rinn deichnean anns an sgìreachd an ni ceudna, gu'n tugamaid deich gineachan a h-uile bliadhna do'n dùthaich gus an sguir an cogadh." Ach cha do sguir an cogadh fad iomadh latha 'na dhéidh sin. An ath bhliadhna sgrìobh e, "Buidheachas do Dhia tha mi comasach air dol do na h-eileanan a shearmonachadh (bha e seachd bliadhna os cionn ceithir fichead) agus ceasnachadh a chumail air mo thurasan. Bha an geamhradh so anabarrach fiadhaich; àireamh mhór chaorach air an tiodhlacadh leis an t-sneachd. Tha cogadh na Frainge a' dol air aghaidh agus an rìoghachd ag ochanaich le truimead na cìse. Thòisich mi air leabhar Chaiptein Cook a leughadh." Duine àir bith aig aois Mghr. Iain a thòisicheas air turusan-cuain Chaiptein Cook a leughadh, cha do luidh an aois air a spiorad. Eadhon an uair a ràinig e deich is ceithir fichead bha e bruidhneach beothail, gun moille 'na cheum no 'na shùil, agus 'inntinn cho fosgailte 's a bha i riamh do fhiosrachadh agus do eòlas. "Tha," ars' esan, "marsantachd na dùthcha aig an àm so a' cumail air falbh deich mìle bàta, agus sia fichead mìle seòladair. Tha i a' cur a mach fiach sheachd muilleanan fichead, agus a' toirt a steach fiach muillean air fhichead. Ach tha sac eagallach cìse air an rìoghachd; thatar a' toirt airgid mór do rìoghachdan a tha cogadh leinn an aghaidh na Frainge. Tha eilean Mhalta air a thoirt bho na Frangaich agus tha Abercromby air dol do'n Eiphit a thoirt an liodairt do na Frangaich an sin. Tha am fiabhrus buidhe a' sguabadh air falbh nam mìltean anns an Spàinn." B'e tuarasdal Mhaigstir Iain Ieth-cheud punnd Sasunnach 's a' bhliadhna; dh' iarr duine-eigin air tuilleadh iarraidh ach is e a thubhairt e, "Ud, ud, a dhuine tha gu leòir agam."

An uair a bha Oliver Wendell Holmes (lighiche caomhail agus sgrìobhaiche tugaid-each) ceithir fichead 's a ceithir sgrìobh e gu caraid mar so, "Is toigh leam àireamh mo bhliadhnachan a chur sìos ann an litrichean Romanach, litrichean móra gasda, LXXXIV., a bheir orm a chreidsinn gu bheil mi am measg nan aithrichean mar a bha Abraham agus Isaac. Tha mi slàn a'm' bhodhig, agus air leam cuid-eachd a'm' inntinn. Ma chaill mi mo bhuidhean cha d' fhuair mi sin a mach fhathast. Tha mi rud beag bodhar ach is suarach e; tha an sgleò air mo shùilean a' gabhail a leithid de ùine a' tighinn gu ceann 's nach 'eil e a' cur dragh air bith orm." An ath bhliadhna bha e fhathast ann an deagh shlàinte, a' coiseachd mìle a h-uile maduinn agus a' gabhail na gréine ann an carbad a h-uile feasgar. "Tha," ars' esan, "na bliadhnachan a' luidhe gu h-aotram orm an coimeas ri iomadh duine nach 'eil cho sean rium. Ach an uair a dh' fhàsas cluas duine

cho mall 's nach cluinn e óran na h-ùiseig, agus a shùil cho mall 's nach aithnich e daoine air an t-sràid, an uair a dh' fheumas duine an aire a thoirt d'a cheumanna agus a tha e duilich dha ainmean a luchd-eòlais a chuimhneachadh—tha sin uile 'n an comharraidhean gu bheil an t-àm aige rìof eile a chur anns an t-seòl agus an saoghal a ghabhail gu réidh los a neart a chaomhnadh." A réir ar fiosrachaidh féin tha seann daoine a' call an claisteachd na's trice na tha iad a' call an léirsinn no an cuimhne no buadhan eile. Glé bhitheanta tha e 'na dhoilgheas dhuinn cho duilich 's a tha e seanchas a dheanamh ri seann daoine bodhar, daoine sònraichte ris am bu mhaith leinn conaltradh a dheanamh air ar socair.

Bha Seoras Müller, caraid nan dilleachdan, 'na fhìor sheann duine an uair a shiubhail e, ach thuirt esan cuideachd gu'n do ghléidh Dia an fion a b' fheàrr dha gu deireadh a bheatha, agus gu robh a sheann aois taitneach is sona, an àite a bh' tìrsach is doilgheasach. An latha a bha e deich is ceithir fichead chaidh càirdean sònraichte 'ga amharc agus thuirt e riu gu robh a bheatha uile sona agus gu'm b'e so an t-aobhar, (1) nach deachaidh e riamh cho fad 's a b' aithne dha an aghaidh a choguis, agus (2) gu robh gràdh aige do fhacal an Tighearna agus gu robh am facal sin 'na lòchran d'a chasan. Bha e 'na chleachdadh aige dol troimh 'n Bhiobull o cheann gu ceann ceithir uairean a h-uile bliadhna, agus cha do leugh e earrann riamh gun beachd-smuaineachadh air na leugh e le h-ùrnuigh.

Thog an duine so còig lùchairtean móra air son dhilleachdan. Chosd na togalaichean sin £115,000, agus bha aige ri sia mìle fichead (£26,000), a thrùiseadh a h-uile bliadhna a bheathachadh na cloinne. Thruis e £250,000 a chum an soisgeul a chraobh-sgaoilteadh ann an dùthchannan céin, agus muillean gu leth (£1,500,000) air son nan dilleachdan agus nan truaghan, ach shiubhail e 'n a dhuine bochd. Cha do ghléidh e riamh sgilinn air a shon fhéin. Bheathaich e 123,000 dilleachdan agus thug e ceaird daibh; b'e a' cheud ni a bhrosnuich e gus tòiseachadh air an obair ud facal a leugh e ann an Salm LXVIII., "Athair nan dilleachdan is e Dia 'na ionad-còmhnuidh naomh." An àite obair an t-saoghail a leigeil seachad an uair a bha e deich is trì fichead, is ann a chuir e a làmh ris a' chrann-treabhaidh ann an da-rìreadh agus lean e air fad sheachd bliadhna deug 'na dhéidh sin a' searmonachadh an t-soisgeil ann an rìoghachdan céin. Eadar dha bhì deich is trì fichead bliadhna dh' aois agus ceithir fichead 's a seachd shiubhail Seoras Müller dà cheud mìle de mhìltean agus shearmonaich e ann an dà fhichead dùthaich thar uantán. Cha d' iarr e riamh airgid agus cha b' ann leis a' bhlaigeir-



achd a fhuair e e; an uair a bhiodh feum aig tighean-fasgaidh nan dilleadhan air airgid rachadh e gu Dia ann an ùrnuigh agus chuireadh e an uireasbhuidhean an làthair an Tighearna, mar a rinn Heseciah air an litir. Thàinig a h-uile bonn de'n mhuillean gu leth thuige mar fhreagairt do ùrnuigh. An uair a thigeadh an posta thuige agus sac litrichean air a dhruim agus airgid (is beannachd an cois an airgid) anns gach té dhiubh, ciod a bha ann an sin ach gu'n do chuir Dia fithich òga (tha an fheadhainn a chuir e gu Elias marbh o chionn fhada nan cian) a bheathachadh nan dilleadhan? Da rìreadh is e Dia athair nan dilleadhan agus breitheamh nam bantrach. So duine, mata, nach d' fhuair na bliadhnachan a bha e beò thairis air trì fichead 's a deich 'n an uallach no 'n an doilgheas.

Cha bu mhaith leinn a ràdh gur fheàrr an aois na'n òige; cha 'n fheàrr idir. Is aoibhinn an rud an òige, agus cò nach dean gàirdeachas an uair a tha a cheum luath, agus a làmh cuimseach, agus a chridhe aotram is mear, agus uile bhuidhean a chuirp is 'inntinn geur is glan. Ach ged is fheàrr an òige na'n aois cha 'n 'eil sin a' ciallachadh gu ruig duine a leas toiseachadh air ochanaich is caoidh a cheart cho luath 's a theid e seachad air trì fichead. Cha bu chòir do dhaoine a bhi ag èigneachadh briathran an t-salmadair mar gu robh e a' toirmeasg daibh a bhi làidir no sona aon uair 's 'g an téid iad seachad air an aois a dh' ainmich e mar aois chumanta mhic an duine. Faodaidh daoine a bhi ceithir fichead 's an còrr agus gun am bliadhnachan a bhi 'n an uallach daibh; faodaidh na bliadhnachan mu dheireadh d' am beatha a bhi na's sona na làithean an òige, eadhon ged nach 'eil cuid no pàirt aca ann an obair an t-saoghail agus a chuireas iad seachad an latha ann an cathair aig taobh an teine. Ma tha bodhig duine gun a bhi air a cràdh le pian; ma tha a choguis ann an sìth ri Dia; ma tha daoine aige air a bheil gaol aige agus aig a bheil gaol air; ma tha a thùr 's a chuimhne aige—e'ar son nach deanadh e gàirdeachas 'n a sheann aois.

Dà ni a thug sinn an aire dhaibh ann an sheann daoine, (1) gur tòigh leò a dheanamh a mach gu bheil iad na sinne na tha iad, agus (2) nach mi-chòrd e idir riu an co-aoisean uile fhaicinn air falbh romhpa féin. Gus an ruig daoine trì fichead 's a deich tha iad ullamh gu bhi toirt té no dha air falbh o àireamh am bliadhnachan (beul-gun-fhaitheam nach ceil sgeul-rùin eile ceilidh e 'aois), ach aon uair 's gu'n tòisich iad air streap ri ceithir fichead tha iad ullamh gu bhi cur bliadhna riutha, agus ma thòisicheas iad air streap ris a' cheud cuiridh iad dà bhliadhna riu a h-uile sia mìosan, *ma leigear leò*. Shaoileadh tu cuideachd gu'm biodh e 'na dhoilgheas mór do sheann daoine a bhi faicinn

an co-aoisean air an gearradh as, ach a bheannachd dragh a chuireas e orra; tha am faireachduinnean air fàs maol, agus is e an t-aon ni a ghreimicheas air an inntinn gur iad féin a mhàin a tha air am fàgail. *Cha 'n 'eil duine beò an diugh anns a' bhaile so a bha ann a'm' òige-sa*. Sin facal a chluinneas tu gu tric o sheann daoine (daoine eadar 80—100) agus cha mhi-thoigh leò idir iad féin a bhi mar Oisean an déidh na Feinne.

Dà ni a tha deanamh seann aois maiseach is sona, diadhaidheachd agus taingeachd. Is coron glòire an ceann liath ma gheibhear e ann an slighe na fireantachd. Ach is cùis-nàire agus cùis-bhròin an ceann liath ma leanas e ann an slighean peacach is amaideach. Tha facal an Tighearna ag iarraidh oirnn a bhi taingeil agus tha fiosrachadh ar beatha a' teagasg duinn gur e an duine taingeil an duine sona. “An cuir sibh suas ùrnuigh-bhuidheachais air mo shon,” arsa seann duine ris a' mhinistear an là a bha e ceithir fichead, “bu mhaith leam Dia a mholadh air son a mhaithis.” Cha robh aig an duine so ach oisean beag ann am bothan beag; b'e a thighean-a-stigh trì tasdain anns an t-seachduinn; bha e gun dàimhich (ach bha na coimhearsnaich caoimhneil ris), agus cha b'urraim e coiseachd gun dà bhata. Ach bha e taingeil, agus chuir spiorad na taingeachd dath an òir air cranachur bhochd is chior.

EAGAL GUN AOBHAR.

Ann an leabhar beag bòidheach a bha air a sgrìobhadh le boirionnach (bu mhaith leam a chreidsinn gu bheil i fhéin bòidheach cuideachd) tha naigheachd mu Aingeal a bu mhaith leam innseadh. Là a bha an t-Aingeal so air a chuairt a' ruith air turusan 'Athar chual e pàisde a' caoineadh gu goirt. Cha robh an là ach òg; bha am pàisde 'na shuidhe air an talamh agus a' ghrian air a chùl, ag ambare gu dùr air fhaileas féin a bha cur eagail air, agus a' caoineadh gu goirt.

“Ciod a tha ceàrr ort,” arsa' an t-Aingeal ris.

“Tha an saoghal cho dubh, dorcha,” arsa' am pàisde, “cha 'n 'eil e soilleir no bòidheach; e'ar son a dh' fheumas mi fantuim 'na leithid de àite.”

“Nach 'eil thu a' cluinntinn nan eun a' seinn,” arsa' an t-Aingeal, “agus a' chlann bheag a' cluich.”

“Tha,” arsa' am pàisde, “tha mi 'g an cluinntinn ach cha 'n 'eil fhios agam c' àite am bheil iad; cha 'n urrainn mi dad fhaicinn ach am faileas so.”

Thog an t-Aingeal am pàisde agus chuir e air a chasan e agus 'aghaidh ris a' ghréin. “Seall a nis,” arsa' an t-Aingeal ris.

Shiab am pàisde na deòir bho shùilean, agus rud a b' iongantais leis, bha na h-achaidhean gorm agus buidhe mar an t-ór (dh' fhalbh an dubh 's an ciar) agus chunnaic e a' chlann a' ruith 's a leum le moit.

"Ho, ho," ars' esan, "sin a' ghrian a' deàrrsadh."

"Bha i a' deàrrsadh fad na h-ùine," ars' an t-Aingeal.

"Ho, ho," ars' am pàisde, "dh' fhalbh am faileas."

"Cha d' fhalbh e idir," ars' an t-Aingeal, "ach tha e a nis air do chùlaobh far an còir dha a bhith."

Ann an té de na sàilm (LIII., 3), tha an salmadair ag ràdh, *An sin ghabh iad eagal mòr an uair nach robh aobhar eagail ann.* Tha na daoine móra cho mhaith ris na daoine beaga a' faicinn sgàilean no faileasan a bhios a' cur eagail orra, ach is e rud as miosa nach 'eil aingeal a' tighinn thuca a bheireas air ghualainn orra agus a thionndas mu 'n cuairt iad, gus am bi na sgàilean sin air an cùlaobh far an còir daibh a bhith. Thig an t-eagal gun sireadh gun iarraidh, ach an uair a thig e cuiridh e saorsa is sonas a mach air an dorus. Ma chumas tu do shùilean agus do chluasan fosgailte chì thu nach 'eil rud eile ann a tha milleadh sìth is sonas dhaoine cho mór ri eagal, agus sin eagal gun aobhar, eagal roimh fhaileasan.

Sgrìobh duine òg a bha an dà chuid 'na sgoilear agus 'na dhiadhair, Seumas Halley, mar so gu phiuthair aig àm bliadhna 'ùire, "Cha 'n urrainn mi innseadh dhuit mar a tha e cheana 'g am ghortachadh gu'm feum mi gu goirid ann an cùrsa an Fhrèasdail ceann m' athair a leagail anns an uaigh. Tha e nis 'na sheann duine; bidh e trì fichead air an t-Sàbaid so a tha tighinn." Bha Seumas Halley trì bliadhna fichead an uair a sgrìobh e an litir so, ach shiubhail e ceithir bliadhna 'na dheidh sin, agus leag 'athair a cheann-san anns an uaigh. Bha an seann duine fathast gu làidir aig bàs a mhic. Chùm am mac bàs athar mar sgàil dhubh air a bheulaobh, air chor agus gu'n do ghabh e eagal agus gun aobhar eagail ann. Tha mi cinnteach gu'n iarradh Crìosd air a thilgeil air a chùlaobh, oir thubhairt e aon uair r'a dheiseiciobùil, "Is leòir do'n là ole fein," agus ciod a tha sin a' ciallachadh ach gur ann air ar cùlaobh is còir do na sgàilean a bhith!

Ma chuireas e iongantas ort a chluinntinn cho tric 's a tha eagal air daoine gun aobhar chuireadh e iongantas a bu mhò ort a chluinntinn cuid de na nithean a bhios a' cur eagail orra; na'm b' aithne dhuit an dara leth dhiubh their-eadh tu gur e mac an duine creutair as neo-reusanta agus as mìorbhuiliche a chruthaich Dia. Ciod a their thu ris an duine nach robh pòsda

ach fichead bliadhna agus a thòisich air 'anam féin a dheanamh carraideach leis an eagal, na'm biodh e fhéin agus a bhean beò deich bliadhna fichead eile, gu'm biodh *Iubilee* am bainse ann, agus gu'm feumadh e éirigh suas agus òraid a dheanamh a thoirt taing do na càirdean a bhiodh cruinn a dh' òl an deoch-slàinte! Sin agad 'duine a bha glic crìonna ann an chùsean eile, ach bha an sgàil ud a' deanamh a bheatha dorcha, eagal na *Iubilee* a bha deich bliadhna fichead air thoiseach air. Saoileadh tu nach 'eil e comasach do dhuine glic eagal a ghabhail roimh fhaileas cho faoin, ach tha cridhe mhic an duine anabarrach dìomhair agus cho domhain ris a' chuan, agus cha rachainn bonn an urras nach 'eil sgàil a cheart cho faoin agus cho fad as a' cur fianh ort fhéin agus orm fhéin cuideachd, na'n innseamaid an fhìrinn gu saor gun dad a chleith. Tha sgàilean nach creideadh tu a' luidhe air daoine nach saoileadh tu. Cha robh Tomas Huxley a' creidsinn anns an aiseirigh, ach sgrìobh e mar so gu Iain Morley, "Bidh e air uairean a 'cur seòrsa de uamhas orm gu'm bàsaich mo spiorad, agus nach bi fhios agam ceud bliadhna 'na dhéidh so ciod a tha tachairt. B' fheàrr leam gu mór a' bhì ann an ifreann (na'm freagradh an t-sìd orm agus na'm biodh mo chompanaich car beusach) seach a bhith air mo chur á bith uile gu léir."

"Cha 'n 'eil mise a' creidsinn ann an tamh-aig," arsa Frangach geur, "ach air a shon sin tha eagal agam romhpa." Sin agad an staid inntinn anns a bheil mòran de shluagh an t-saoghail an diugh; tha eagal aca roimh uile anns nach 'eil iad a' creidsinn agus roimh uile nach 'eil idir ann. Tha na ceudan ann a tha 'n an daoine glic pongail ach air a shon sin ma thachras daibh sgàthan a bliriseadh, no a' chuthag a chluinntinn agus gun bhiadh 'nam broinn, no coiseachd fo fhàradh gun fhios daibh, no tachairt air droch còmhalaiche, no coil each, no fìtleach, no caileach-oidheche, a chluinntinn aig uairean sònraichte, cuiridh na nithean sin bhàrr an siùil iad coltach ris a' phàisde bheag a bha a' caoineadh le eagal roimh 'fhaileas.

Uair a bha fear-tarruing dhealbh (duine a bha ainmeil 'na latha) a' teagasg na h-ealain sin do oileannaich òga thuirt e riutha, "An uair a bhios sibh a' tarruing neul anns an speur, air eic dubh dorcha 's 'g am bi na neòil enimh-nichibh gu'm feum sibh an cur *astar maith air falbh*. Is e ar gliocas buntainn anns a' cheart dòigh so ris na neòil a bhios ag éirigh air speur na h-inntinn, an cumail astar bhuainn. Is tric a chithear neòil as nach tig deur uisge, agus theagamh nach tig thugad a màireach no gu bràth am freasdal sònraichte a tha cur eagail ort. "An ti a' bheir an aire do'n ghaoith cha chuir e sìol; agus an ti a dh' amhairceas air na neòil cha bhuaire e."





ANNAS A' CHOILLE BHEITHE.

Maduinn Diluain anns a' choille bheithe agus latha cho grianach blàth 's ged a b'è meadhon an t-sàmhradh a bha ann an àite deireadh an fhoghair! Tha fichead rud a dh' fhaodainn a bhi deanamh an diugh, ach leigidh mi leis an t-saoghal a bhi straightlich mar a thoilicheas e agus suidhidh mi air sgonn gàraidh anns a' choille bheithe agus gabhaidh mi maith na gréine, gun fhios nach e so an cothrom mu dheireadh a gheibh mi am bliadhna air latha blàth is grianach a chur seachad ann an conaltradh ri m' inntinn fhéin, ri Urna Mór na coille, agus ris na h-eòin.

Theagamh gu'n abair thusa rium, a leughadair, gu'm bu chòir dhomh nàire a bhi orm aideachadh gu bheil mi dol a leigeil latha foghair seachad gu diomhaineach agus gu'n innis thu dhomh a liughad car a tha thu féin a' dol a dheanamh m'an téid a' ghrian fodha. Gu ma maith a shoirbhicheas leat anna uile, ach air mo shon-sa cha 'n 'eil nàire no athadh orm innseadh do'n t-saoghal uile gur toigh leam tomhas reusonta de dhìomhaineas, agus nach 'eil latha is sona de m' bheatha na'n latha a dh' fhaodas mi mi fhéin a shìneadh air an fheur anns a' choille bheithe agus an saoghal a ghabhail gu réidh socrach. Dà ni is toigh leam sàmhchhair agus fois, agus dà sheòrsa dhaoine nach toigh leam idir idir daoine cabhagach is daoine briathrach; daoine nach urrainn a bhi 'n an tàmh le 'n làimh no le'n teanga. Cha 'n 'eil mise a' creidsinn an t-soisgeil a tha móran dhaoine a' searinnachadh an diugh, gur e crìoch àraidh an duine obair a dheanamh. Theagaisgeadh dhomh anns an sgoil Shàbaid gur e obair pairt de 'n mhallachd a thàinig air clann daoine an lorg peacadh Adhaimh, agus tha mi 'n dùil gu bheil an teagasg sin fìor, oir tha mi a' faotainn annam féin gu bheil e a' freagairt air mo nàdur. Ach ma chumas tu do shùilean agus do chluasan fosgailte bheir thu fanear nach 'eil an teagasg so idir cho fasanta an diugh ris an teagasg ud eile, gur e crìoch àraidh an duine a bhi 'n a dhriop, agus gur e am peacadh nach fhaigh maitheanas, a bhi diomhaineach. Cha 'n ann bho Chrìosd a fhuaras an teagasg ùr so ach bho Thomas Carlyle, duine nach deachaidh rianh air each gun dol thàiris air. Cha 'n 'eil Crìosd a' toirt gnùis idir do'n bheachd gur fheàrrd beatha duine a bhi làn saothair. Cha do thòisich e féin air obair shònruichte a bheatha gus an robh e deich bliadhna fichead, agus eadhon ann an làitlean a mhinistrealachd bhiodh e a' stad d'a

obair an dràs'd 's a rithist agus a' dol do'n bheinn leis féin a chionn gu'm bu toigh leis sìth is tàmh. An àite gnùis a thoirt do'n teagasg gur e na daoine as dìchiollaiche na daoine as fheàrr is ann a thubhairt e gu bheil daoine driopail a bhios ag obair gun sgar an cumart ananam a chall. Dh' iarr e air a dheisciobuil gun saothair a dheanamh air son nithean nach maireadh, gun ro-chùram a bhi orra mu bhìadh no mu aodach, iad a bhi a' tighinn beò mar na h-eòin agus na lildhean. Chronaich e bana-charaid chòir a chionn nach b' urrainn i bhi mionaid 'n a tàmh, ach daonnan 'n a fallus agus ag uinich le cabhaig. Mhol e a piuthar a chionn gu robh faighidinn aice suidhe còmhla ris agus seachas a dheanamh. C'àite air bith a bheil deisciobuil Charlyle a' faotainn nan argumaidean leis am bi iad a' sparradh oirn gur fheàrr an duine a tha daonnan 'n a fhallas na 'n duine a ghabhas an saoghal gu réidh agus nach 'eil a' deanamh dia de obair, cha 'n ann anns an Tiomnadh Nuadh.

Ach ged a chuir mi romham anns a' mhaduinn nach leiginn a' chuing air m' amhaich an diugh agus gu'n cuirinn seachad an latha air mo shocair fhéin anns a' choille bhig so, thug mi leam dà chompanach a tha glé bhithleanta a'm' chuideachd, peam agus paipear, an earalas gu'm faodadh Urna Mór na coille cagar air chor-eigin, a chur a'm' chluais a bu mhaith leam a ghleidheadh air chuimhne. Thig iomadh smuain ann an ceann duine an uair a tha e leis fhéin a bu mhaith leis uisneachadh aig àm eile, ach mur cuir e sìos iad anns a' mhionaid air paipear gabhaidh iad sgiathan agus teichidh iad agus cha tig iad air an ais gu bràth tuilleadh. Sin an t-aobhar gu'm bi am peann dlùth dhomh-sa daonnan, an earalas gu'n tig rud-eigin a'm' inntinn a bu mhaith leam a chur sìos air an duilleig so m' an caill e a shùgh 's a bhlas. Uair a thig ach da uair nach tig. Ma thig dad an diugh is maith, ach mur tig tha mi gle choma; thàinig mi do'n choille bheithe air a' mhaduinn ghrianaich so, cha 'n ann a dh' obair ach 'g am thoileachadh fhéin, cha 'n ann a sgrìobhadh ach a dh' ol a steach fàile a' ghiuthais, blàths na gréine, agus maise an t-saoghail.

Tha e duilich a ràdh gu dé an t-àm de'n bhliadhna as taitniche. Rium Dia gach ni maiseach 'n a àm, air chor agus gu'n saoil thu anns an earrach gur e an t-earrach àm as maisiche de'n bhliadhna, agus anns an fhoghar gur e am foghar. Bha uair ann a b' fheàrr leam am foghar na ràith air bith eile, ach an diugh tha mi 'n dùil gur e an leth mu dheireadh de'n Mhàigh àm is docha leam de'n bhliadhna. Glé

bhitheanta eadar an fhicheadamh latha de Mhàir agus deireadh a' mhìos tha greis de shìd mhaith a' tighinn, solus glan, is grian theth, is céabhar bog blath, agus a' bhliadhna a thig iad sin na làithean as fearr leam fad na bliadhna. Aig an àm sin tha srath is monadh a' deanamh gàirdeachas is ceòl; tha na beanntan agus na cnuic a' briseadh a mach le iolach, agus uile chraobhan na machrach a' bualadh am basan le aoibhneas. Tha guirme nan achaidhean is ùralachd an duillich 'n a riarachadh do'n t-sùil agus 'n a thogar do'n inntinn an déidh lomnochd is aog a' gheamhraidh. Tha torman mulaid ann an gaoth an fhoghair, ge b'e àird as an tig i, agus anns gach fuaim eile a bhualas air do chluais ri taobh nan aibhnichean no am measg nam beann, ach ma tha an torman sin ann an gaoth an earraich cha do rug mo chluas-sa riamh air. Theagamh gu'n abair thusa rium, a leughadair, nach 'eil mulad ann an gaoidh air bith; gur e ar n-inntinn fhéin a tha 'g a chur innte, agus gu bheil an aon fhuaim anns a' ghaoith co dhiu a tha i deas no tuath, no co dhiu is gaoth fhoghair no earraich i. Ach ged nach abair mise gu bheil thu ceàrr tha fhios agam gu bheil, agus gu'n bi gu bràth, torman mulaid ann an gaoth an fhoghair do m' chluais fhéin. Anns na h-eileannan an iar gheibhear glé thrice uair-eigin mu mheadhon September smùid ghaoithe as an àird an ear-dheas le dusraich dhorrcha is maoidheadh uisge; le leithid sin de shìd agus gu sònruichte aig àm an tràghaidh cluinnear anns a' ghaoith agus ann am fuaim an t-saimh osnaich is caoineadh is cunhadh an dubh-bhròin nach cualas riamh air thalamh a leithid. B' àbhaist dhòmhsa sin a chluinntinn anns a' ghaoith an ear-dheas an uair a bha mi 'n am bhalach; bheireadh i orm a chreidsinn gu robh mi aig tòrradh; bheireadh agus leagadh i mulad is lèann-dubh air m' inntinn mar gu'm bithinn air caraid caomh a chall. Chaidh iomadh bliadhna seachad gun mi a chluinntinn na gaoithe so, agus bha mi a' tòiseachadh air a d'cluimhneachadh, ach an uiridh thachair dhomh a bhi ann an eilean mo dhùthchais anns an foghar, agus a' cheart mhìonaid a thòisich an tràigh mhór air glaothaich agus a ghaoth an ear-dheas air séideadh thàinig na ceart smuaintean a steach do m' inntinn (mar gu'n tigeadh iad as an adhar) a thàinig innte fichead bliadhna roimhe sin air oidhche na cno Naomh, agus luidh a' cheart mhulad air mo chridhe a b' àbhaist dhomh fhàireachadh gun fhios c'ar son. An uair a chi thu a' ghaoth a' spionadh craobh làidir as a bun their thu gur mór a cumhachd, ach nach suarach an dearbhadh sin air a cumhachd làimh ris mar a théid aice le a fead air tuar eile a chur air inntinn duine, no an saoghal a chruthaich as ùr dha. Oir an uair a tha tuar na h-inntinn ag atharrachadh tha duine ann an saoghal eile seach mar a bha e.

Ach ged a thug mi tarruing air a' ghaoith cha robh e 'n am bheachd sin a dheanamh an uair a shuidh mi an diugh anns a' choille bheithe. Cha 'n 'eil gaoth an so; tha an taobh so de'n ghleann cho sàmhach 's gu'n cluinn mi na duilleagan a' tuiteam o na craobhan. Ged robh teagaidhean dhaoine agus aingeal agam, agus peann fir-sgrìobhaidh dheis, cha b' urrainn mi innseadh gu ceart cho maiseach 's a tha dath an duillich am bliadhna. Shaoil mi gu robh an srath uile gu léir maiseach an dé, ach tha e na's maisiche an diugh; tha gach là a thig a' toirt bàrr air an là a dh' fhalbh, agus tha dath an fhìona agus an òir r'a fhaicinn gach maduinn far nach fhacas an raoir e. Sin aon de na sochairean a tha aig daoine ann an àite dùthcha, gu bheil àillidheachd ùr fa 'n comhair gach latha, ma chumas iad an sùilean fosgailte. Ach cha 'n fhada a mhaireas an duilleach a nis oir tha an reothadh air tighinn agus bha e cho cruaidh an raoir 's gu bheil na duilleagan a' tuiteam o na craobhan an diugh 'n an torran.

Tha mìos October coltach ri searmon Gàidhlig; tha e an dara cuid anabarrach tlachdmhor no anabarrach fuar is searbh r'a ghiùlan. Tha trì ceumannan ann an searmonachadh na Beurla; maith, meadhonach, is dona; ach ann an searmonachadh na Gàidhlig cha 'n 'eil ach dà cheum, maith is dona. Co dhiu cha chuala mise riamh searmon meadhonach ann an Gàidhlig, ged is tric a chuala mi e ann am Beurla. Cha 'n urrainn mi a ràdh c'ar son a tha sin mar sin, ach tha e ann gun teagamh; ma tha searmon Gàidhlig maith tha e anabarrach maith, agus ma tha e dona tha e cho dona 's nach gabh e càradh. Is ann mar sin a tha October. Ma tha October maith cha 'n 'eil mìos anns a' bhliadhna a bheir bàrr air, agus ma tha e dona cha 'n 'eil àm anns a' bhliadhna cho beag tlachd ris. An uair a tha October fliuch agus a chi thu na h-adagan a' fàs dubh air na raointean seachduinn an déidh seachduinn; na h-iodhlannan falamb; currachd ceò air na beanntan gun sgar, an dile uisge ann gach latha, agus smùid bhlàth is ghrod ag éirigh o na duilleagan a tha malcadh air an talamh, cò an cridhe a b' urrainn a bli mear 'n a leithid sin de shuidheachadh? Ach taing do Ni-maith cha b'e sin an t-sid a bha againn am bliadhna, agus fluair na tuathanaich (co dhiubh a' chuid dhiubh nach 'eil leasg) cothrom maith air a' bhàrr fhaotainn a steach ann an rogha is tagha òrdugh. Is gasda an sealladh e ann an toiseach October, iodhlannan fhaicinn làn agus na mullain tughta sgiobalta, ag innseadh gu'n do chròn Dia a' bhliadhna le mhaithneas agus gu'n do chuir e sid fhreagarrach gus toradh na talmhainn fhaotainn cruinn 'n a thràth. Gun teagamh tha na h-achaidhean na's luime ann an October na bha iad anns an t-sàmhradh, na



croabhan na's rùisgte, agus àile na gaoithe na's fionnara; ach ma tha, tha na h-achaidhean a' sealltuinn na's farsuinge agus an barrachd de dhaithean rìomhach orra; theid agad air sràid a ghabhail ann an cluaintean bòidheach air nach b' urrainn duit ruighinn anns an t-sàmh-radh, no far nach b' fhiach dhuit dol a chionn gu robh duilleach nan craobh cho tiugh 's fhaiceadh tu fada bhuaith. Tha cead an coise aig duine agus beathach anns an fhoghar mar nach robh aca anns an t-sàmhradh; tha geat-achan air am fosgladh dhaibh a steach do iomadh gàradh Eden anns a bheil iad a' creid-sinn gu bheil craobhan na beatha.

Anns an fhoghar tha sàmhchair anns an dùthaich nach 'eil innte anns an earrach no ann an toiseach an t-sàmhraidh, agus tha an t-sàmh-chair sin foisneachail do 'n chluais 's do 'n chridhe. Tha còin na seinn air falbh do dhùth-channan blàth, agus cha chluinn thu srann no crònann anns an fheur mar a chluinneadh tu anns an t-sàmhradh o nìble cuileag is biasdag is fionnan-feòir. An diugh fhéin anns a' choille bheithe cha 'n 'eil fuaim ri chluinntinn ach goraiceis a tha sgaoth de fheannagan agus de chathagan a' deanamh ag itealaich o bhàd gu bàd agus a' call am faighidinn nach 'eil iad a' faotainn cothrom air dol an sàs ann an achadh buntata, *coo-roo* calumain ann an craoibh a tha thall m' am choinneamh, ròc tùchanach fithich a tha sgiath-alaich os cionn creag Urraird, agus combartaich coin air taobh thall na h-aibhne. Tha fhios agam glé mhaith gu dé a tha am fitbeach an tóir air; chuala mi urchraichean, agus tha fuighair air ri greallach.

Ach ged is bòidheach aghaidh an t-saoghail anns an fhoghar tha a bhòidhchead sin dìombuan, coltach ris an rughadh a thig ann an gruaidh duine air a bheil a' chaitheamh. An dath maiseach a thig air an duilleach, is comharradh sin gu bheil iad a' seargadh as agus gu bheil am bàs dlùth. Sin an t-aobhar gu'n dùisg tuar na dùthcha is fuaim nan gaoithean anns an fhoghar smuaintean sòluinte is faireachduinnean troma 'n ar n-inntinn, a dh' aindeoin bòidhchead is maise. Tha a' ghrian féin mar gu'm biodh i a' fàs sean; tha i a' luidhe na's tràithe agus ag éiridh na's anmoiche, mar gu'm biodh an tuilleadh fois a dhìth oirre, agus ged a tha i a' cheart cho dealrach cha 'n 'eil uiread teas innte 's a bha innte anns an t-sàmhradh. Ach ged a chuireas e mulad air an inntinn a bhli faicinn dreach a' bhàis a' tighinn air achaidhean is coilltean anns an fhoghar tha e 'n a chomhflurtachd a chuimhneachadh gu bheil sin ag ullachadh air son na beatha agus na maise a chithear anns an ath earrach. Is e seirbhiseach ar n-athar nèamhaidh a tha eadhon anns a' bhàs, agus cha lughdaich ach gu'n dùblaich e beatha.

TREAS LITIR AN ABSTOIL EOIN.

So litir no leabhar as giorra anns a' Bliobull. Cha 'n 'eil innte ach aon chaibideal uile gu léir, ach faodar a ràdh uimpe mar a thuir an naomh Ierome mu thé de litrichean Phoil, "ma tha i goirid tha i reamlar." Chumt sinn na facail innte, agus flhuair sinn 219 anns a' Ghréigis, 294 anns a' Bheurla, agus 387 anns a' Ghàidhlig. Tha sin a' dearbhadh gu bheil grinneas is snas anns a' Ghréigis os cionn chàich; cuiridh i móran brìghe ann am beagan bùchd. Cha 'n 'eil ach aon fhacal anns a' Ghréigis air son na seachd so anns a' Ghàidhlig, *leis am miann ard-cheannas a bhi aige* (9).

B'e an t-aobhar gu'n do sgrìobh Eoin an litir so gu Gaius, gu'n do nochd e coibhneas do na bràithrean a chaidh sìos a dh' ionnsuidh na h-eaglais d' am buineadh e. Thachair iomadh rud ris na bràithrean sin air an turus nach do chòrd riu, ach bha iad uile a dh' aon inntinn a thaobh Ghaiuis, agus an uair a thàinig iad air an ais dh' innis iad do Eoin a h-uile rud a rinn e air an son; dh' innis iad dha gu robh Gaius 'n a dhuine còir 'n a thigh féin agus anabarrach measail anns an eaglais. Ach dh' innis iad dha cuideachd gu robh duine eile anns an eaglais nach robh a' faotainn air aghaidh gu maith le Gaius no leis na bràithrean eile, duine cumhann draochannaich nach tugadh aigh-eachd do chòigriche e féin, agus nach leigeadh le daoine eile a dheanamh. Sgrìobh an t-abstol Eoin an litir so, mata, a chum obair Ghaiuis a mholadh agus misneach a thoirt da seasamh gu duineil an aghaidh an fhir eile a bha nochdadh spiorad olc is naimhdeil.

Tha móran dhaoine an dùil gu robh na seann làithean na b' fheàrr na na làithean so; gu robh barrachd gràidh is diadhaidheachd anns an eaglais o shean na tha innte an diugh, ach tha an litir so a' nochdadh dhuinn gu robh an eaglais ann an làithean nan Abstol car coltach ris an eaglais an diugh; cha robh na ceud Chrìosduidhean ionlan no uile naomh; bha iad cosmhuil ann an aigne ruinn féin, cuid dhiubh anns an robh spoirad iriosal is macanta an t-Slànuigheir ach cuid eile dhiubh cho làn de fhéinealachd 's a tha an t-ubh de bhìadh.

Tha an litir so a' toirt ceathrar dhaoine f' ar comhair; Eoin an t-abstol; Demetrius an soisgeulaiche; Gaius, bràthair còir is diadhaidh; agus Diotrefes, bràthair briathrach is drannd-anach. Cha 'n abair sin an còrr no thimchioll na ceud dithis ach bu mhaith leinn rud no dhà a ràdh mu 'n dithis eile.

(1) Agus gus a h-àite féin a thoirt do'n uaisle, tòisicheamaid le Gaius. Tha Eoin a' labhairt uime mar so, "fear no ghràidh d' am bheil gràdh agam ann am firinn." Dh' fhaodadh Gaius a bhi mór as fhéin air son an teisteanais

sin, oir a mach o bhì air aideachadh le Dia féin cìod am moladh a b' àirde na teisteanas maith fhaotainn o'n abstol Eoin—athair na h-eaglais agus an duine a bu naomh air thalamh. Cha 'n 'eil teagamh nach d' fhuiling Gaius mórán o theanga Dhiotrepheis, agus nach robh e iomadh là air a ghonadh 'n a chridhe an uair a chitheadh e an duine olc sin (agus cumhachd aige anns an eaglais) ag oibreachadh 'n a aghaidh, ach an uair a leughadh 'e litir an abstoil Eoin agus na faicil sin gu sònruchte, *Gaius fear mo ghràidh d'am bheil gràdh agam ann an firinn*, bu bheag aige cìod a theireadh Diotrepheis uime tuilleadh.

Tha an fhàilte a chuir Eoin air Gaius car annasach; is e mo ghuidhe, ars' esan, "gu'n bitheadh tu slàn mar a tha soirbheachadh le d' anam." Na'n cuireadh aon d'ar càirdean an fhàilte sin oirme; na'n abradh e, *Tha mi 'n dòchas gu bheil do bhodhig cho slàn ri d' anam*, bhiodh amharus againn gu robh e, an dara cuid, a' magadh oirn, air neo nach robh e a' guidhe tonhas mór air bith de shlàinte cuirp dhuinn. Ach bha Eoin cho cinnteach gu robh fàs nan gràs air anam Ghaiuis 's nach b' urrainn da guidhe a b' fheàrr a dheanamh air a shon na gu'n soirbhicheadh a chorp mar a bha 'anam a' deapamh. Ach cha fhreagair an fhàilte so air mórán dhaoine an diugh, oir ged a tha iad slàn 'n am bodhig agus reamhar tha caoile air an anam.

An toiseach tha Eoin a' moladh creideamh is beatha Ghaiuis, agus an sin a' moladh 'oibre. Is e an obair shònruchte a tha air a h-ainmeachadh, an aoigheachd a thug e do na bràithrean a bha 'n an coigrich. Theagamh gu'n saoil cuid nach b' airidh rud mar sin a bhì air ainmeachadh mar sheirbhis do Dhia, ach mur b' airidh coibhneas a bhì air a chumntas mar fhreantachd, cha mholadh an t-Abstol Eoin an gnìomh a rinn Gaius, agus cha mhò a labhradh an Slànauighear an cosmhalachd sòluimte a labhair a mu là a' bhreitheanais (*Mata XXV.*); cosmhalachd a tha ag imseadh mu sheòrsa dhaoine a ghabh ioghnadh an uair a fhuair iad iad féin ann an nèamh, daoine aig nach robh dùil gu'n do rinn iad seirbhis air bith a b' fhiach ainmeachadh do Dhia. Ach ged a dhì-chuimhnich iad féin an gnìomharan trècaireach bha cuimhe aig a' Bhreitheamh gu'n d' thug iad biadh do'n acrach agus aoigheachd do'n choigreach.

Thug Gaius aoigheachd do na soisgeulaichean 'n a thigh a chionn gu robh bàigh is gràdh bràithreil 'n a chridhe. Tha aran a tha air itheadh ann an comaidh daonna na's mìlse na aran eile. A thaobh aoigheachd theid aig na daoine dubha air leasan a thoirt do na daoine geala, oir an measg cuid de threubhan borb na h-Afric is e an inisg as mìosa is urrainn aon duine a thilgeadh air duine eile, a ràdh ris, gu'm bì e ag itheadh leis fhéin. Tha am facal so

ann an leabhar Job, "An uair a dh' fhiosraicheas Dia cìod a fhreagras mi dha, *ma dh' ith mi mo ghreim a'm' aonar, agus nach d' ith an dilleachdan deth.*" Tha an t-abstol Pol ag ràdh, "Bithibh tèò-chridheach d'a cheile ann an gràdh bràthaireil, a' comh-phàrtachadh ri uireasbhuidh nan naomh; a gnàthachadh aoigheachd." Am measg nan seann tomhseachain a bha aig na Gàidheil bha am fear so aca, "Gu dé as deirge na 'n teine?" Agus b'e so a' fhreagairt, "Aodann duine chòir is coigreach air tighinn thuige agus gun dad 's a' phoit." Ach cha 'n e mhàin gu robh an toil aig Gaius ach bha an comas aige cuideachd, agus lean e air aoigheachd a thoirt do na coigrich a dh' aindeoin cridhe Dhiotrepheis.

(2) Tha Eoin ag ràdh gu'm bu duine Diotrepheis leis am bu mhiann àrd-cheannas a bhì aige am measg chàich. Bha e a' saoilinn mórán dheth fhéin agus bu mhaith leis daonna a bhì anns a' chathair a b' fheàrr ge b'e àite an suidheadh e. Ach daoine aig a bheil gaol teth air na ceud chathraichean, sin am bitheantas daoine nach airidh ach air na cathraichean as isle. Cha 'n e mhàin nach gabhadh Diotrepheis ris na coigrich e féin ach bha e a' bacadh do dhaoine eile gabhail riu, agus bha eagal air cuid de'n choimhthional dol 'n a aghaidh a chionn gu robh ceann-fodha aige orra. Na'n rachadh iad 'n a aghaidh gabhadh e dòigh air toirt orra diòghladh air a shon sin.

Cha 'n 'eil e furasd a ràdh cìod a chuir Diotrepheis bhàrr a shìuil an toiseach. Theagamh nach robh Gaius is feadhainn eile de'n choimhthional a' deanamh am beic dha mar bu mhaith leis, no gu'n do ghabh e saoilbneas a chionn nach d' iarradh a chead no chomhairle ann an rud-eigin. Ach co dhiu chaidh e air 'each mór, agus cha robh a bhì beò leis. Ach gu dé a tha ann an duine nach 'eil furasd a bhì suas ris ach duine dona! Is aithne dhuinn uile an seòrsa duine sin; ma shuidhicheas daoine eile gur am mar so is còir rud air chor-eigin a dheanamh their esan nach ann ach mar sid, agus leanaidh e air draochann is dranndan mar chù crosda gus am buidhe leò a thoil fhéin a thoirt da air ghaol sìthe. Ams an t-saoghal so tha aig daoine ri oibreachadh còmhla a h-uile là d' am beatha, agus mur ionnsaich duine dha féin oibreachadh gu réidh sìochail am measg dhaoine eile, gun an car a thilgeil as a làimh mur faigh e a rathad fhéin, cha 'n 'eil ann ach leth-duine, agus cha dean e gu bràth ach droch coimhearsnach 'n a bhaile agus droch bhall 'n a eaglais.

Sin, mata, an sealladh a tha an litir so a' toirt dhuinn air beatha na h-eaglais anns a' cheud linn, agus mar thuir sinn cheana, bha na ceud chreidmich mar a tha creidmich an là diugh, maith is dona. Bha an cruithneachd agus an cogull a' fàs taobh ri taobh, agus bithidh gu bràth.

[The page contains extremely faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the paper. The text is arranged in two columns and is too light to transcribe accurately.]



ANNS AN TEAMPULL.

Agus thubhairt esan riu, 'Car son a bha sibh 'g am shìreadh? Nach robh fhìos agaibh gur éigin domhsa bhì ann an tigh m' Athar.—Lucas II., 49.

So aon de na h-àitean anns a' Bhiobull anns an robh na sgoilearan a thionndaidh gu Gàidhlig e air thoiseach air na sgoilearan a thionndaidh gu Beurla e. Anns a' Bhiobull Bheurla bhà e air a chur sìos gur e a thubhairt Iosa gu'm b' éigin da a bhì *air cheann gnothuch 'Athar*, ach anns an eadar-theangachadh mu dheireadh tha a' Bheurla a' leantuinn na Gàidhlig agus ag ràdh gu'm b' éigin da bhì *ann an tigh 'Athar*.

Is e Lucas a chùim air chuimhne am facal so, agus cha 'n 'eil teagamh nach ann o'n òigh Muire a fhuair e e. Cha robh Lucas 'n a shùil-fhianuis air na nithean a tha e ag innseadh anns an t-soisgeul, ach tha e féin ag ràdh gu'n do gabh e mòran dragha los cunntas firinneach fhaotainn mu beatha Chrìosd, agus b'e Muire aon de na h-urrais a bhà aige. Tha rud no dhà anns an t-soisgeul so nach b' urrainn duine eile fhìos a bhì aige air ach Muire, agus mar sin faodar a ràdh gur ann bhuaipe a fhuair Lucas iad.

B'e so an dara uair a bhà Iosa anns an teampull. An uair a bhà e mìos a dh' aois thug a phàrantan ann e a chum an lagh a choimhlionadh, agus a nis an uair a bhà e dà bhliadhna dheug thug iad leò e do'n teampull a nis. B'e sin an aois aig an robh balaich Iudhach a' tòiseachadh air gnàthannan an lagha a leantuinn, a thaobh fheillean is trasgaidh.

Anns an dara sahn thar an t-sia fichead tha sinn a' leughadh mu'n aoibhneas leis an rachadh an òigridh suas do Ierusalem a dh' iocadh am bòidean do Dhia ann an cùirtibh naomh a thighe, agus do bhrìgh gu robh Iosa air a dheanamh coltach ruinne anns na h-uile nithean faodar a bhì cinnteach gu robh an t-aoibhneas sin 'n a chridhe aig an àm ud a bhios ann an cridhe duine òig an uair a shuidheas e còmhla r'a phàrantan aig bòrd a' chomanachaidh air son na ceud uaire.

Bha aoibhneas orm tràth thubhairt iad,
Gu tigh Dhé théid sinn suas.
A'd' dhorsaibh, O Ierusalem,
Ar cosan seasaidh fos.

Chuir e iongantas air Muire agus Ioseph gu'n d' fhan Iosa anns an teampull an uair a bhà dùil aca gu robh e anns a' chòmhlan a bhà dol dhachaidh gu Nasarat, *ach chuir e iongantas air Iosa gu robh iongantas orra-san, no gu'm biodh dùil aca gu robh e ann an àite eile.* Mar gu'n abradh e riu, 'Caite eile am bithinn ach ann an tigh m' Athar? So a' cheud fhacal de na labhair Iosa air an do chumadh cuimhne, agus tha e air a ràdh nach do thuig Muire no Ioseph ciod a bhà e a' ciallachadh. Tha e car neònach nach do thuig Muire e, oir is ann air a glùn fhéin a dl' ionnsaich e tigh an Tighearna a glràdhachadh an toiseach. Ach theagamh gu bheil e na 's fhasa dhuinne a thuigsinn na bhà e dhaibhsan, oir is aithne dhuinn ciod a thachair an déidh làimhe, agus tha facail eile anns an t-soisgeul a' tilgeadh soluis air; facail mar so, a labhair Iosa,—

- (1) Cha 'n ann air aran a ubhain a thig an duine beò ach air gach uile fhacal a thig o bheul Dhé.
- (2) Is e mo bhìadh-sa toil an Ti a chuir uaithe mi a dheanamh, agus obair-san a chrìochnachadh.

Is maith an comharradh e air daoine gràdh a bhì aca do thigh Dhé agus ùigh a bhì aca ann an obair Dhé. Tha an salmair ag ràdh gu'm b' fheàrr leis a bhì 'n a dhorsair ann an tigh Dhé na bhì 'n a chòmhnuidh ann am pailliu-naibh aingidheachd, agus ann an àite eile tha e ag ràdh gu'm b' e miann a' chridhe a bhì ann an tigh an Tighearna ré uile làithean a bheatha.

Aon ni do mhiannaich mi o Dhia,
Gu minic, iarram e:
A bhì a'm' chòmhnuidh feadh mo là
An tigh 's an àros Dhe;
A chum gu faicinn féin gu glan
Maise Iehobhah mhóir,
Gu fiosraichinn 's gu faighinn sgeul,
'Na theampull mar is cóir.

Ach daoine a sheachnas tigh an Tighearna, no nach urrainn ceathramh an uaireadair a chur seachad ann gun tòiseachadh air miananaich mar gu'm biodh cùirtean an Tighearna 'n an seiths do'n fheòil, sin daoine aig a bheil spiorad eile seach an spiorad a bhà aig Iosa.

Bha Iosa a' ciallachadh cuideachd leis an fhacal ud gu robh ùigh aige ann an rìoghachd fos.

Dhé, agus gu robh e a' dol a choisrigeadh a bheatha los obair Dhe a chur air aghaidh. Sin rud a dh' fheumas a luchd-leanmhùinn a dheanamh cuideachd. Cha 'n e mhàin gu'm bu chòir do chreidmheach gun a bhi leasg 'n an gnothuichean fhéin, ach bu choir daibh mar an ceudna a bhi dùrachdach ann an seirbhís an Tighearna. Feoraicheamaid dhinn fhéin gu dé a tha sinn a' deanamh gus an soisgeul a chraobh-sgaoileadh air feadh an t-saoghail agus innsidh sin dhuinn ciod a' ghné spioraid a tha annainn. Gach bliadhna tha glaodh a' tighinn o na soisgeulaichean ann an dùthchannan céin ag iarraidh cuideachaidh, ach their sinne riutha nach 'eil airgiod againn air an son. Mo nàire, mo nàire! Tha airgiod gu leòir againn na'n robh an toil 's an dùrachd againn. Tha airgiod againn air son sògh-altachd is comhfhurtachd na feòla; airgiod air son dibhe is tombaca is fichead rud eile a dh' fhaodamaid deanamh as an eugmhais, airgiod air son gach rud eile ach aobhar Dhé agus an t-soisgeil. Bheirear am bonn-a-se do Chrìosd agus gleidhear dhuinn fhéin an tasdan. Tha an spiorad sin calg-dhùireach an aghaidh an fhacail ud a labhair e anns an teampull.

ANNS A' CHATHAIR.

An cual thu riamh, a leughadair, mu'n fhear anns an do chuireadh sùil cait? Mur cuala, innsidh mise dhuit uime.

Chaill an duine so té d'a shùilean fhéin, agus theab e a chridhe a bhriseadh 'ga caoidh. Chitheadh e maith gu leòir air leth-shùil, ach air a shon sin bha e 'n dùil nach b' urrainn da a bhi sòna gu bràth tuilleadh. An uair a shealladh daoine eile air dìreach anns an aodann shaoileadh e gu robh iad a' sealltainn air a shùil agus a' magadh air, agus dh' fhàsadh 'aodann cho dearg ris an teine. Bheireadh e an saoghal uile air son a shùla.

Chaidh e gu lighiche ainmeil a bha ann an Eirinn (tha na lighichean ainmeil coltach ris na h-eòin bhòidheach, daonnan fada air falbh), agus thuirt e ris, "An téid agaibh air sùil ùr a thoirt dhomh?"

"Tha sin furasda gu leòir," ars' an lighiche; "a bheil thu a' faicinn a chait ud?"

"Tha," ars' an duine.

"Am freagradh té d'a shùilean-san ort," ars' an lighiche. "Ma fhreagras cuiridh mi annad i."

Thuirt an duine gu 'm freagradh; gu robh e coma co dhiu a bha ann cat, no cù, no caora, ach sùil air chor-eigin fhaotainn.

Cha 'n urrainn mise innseadh dhuit, a leughadair, ciamar a rinn an lighiche an rud a rinn e, ach ann an ùine ghoirid bha an cat air leth-shùil, agus an duine cho mór as fhéin ri peucag

a chionn gu robh a dhà shùil aige mar a b' àbhaist da. "Sid," ars' esan ris fhéin, "an camadh a bha a'm' chrannchur, agus bidh mi a nis sòna sòlasach uile làithean mo bheatha."

Ach ann am beagan ùine thàinig camadh eile 'n a chrannchur; mhothaich e gu robh daoine a' sealltainn air mar nach b' àbhaist daibh, agus mar gu'm biodh iad a' faicinn rud-eigin iongantach 'n a shùil. Bha sin innte; an dràs'd's a rithist lasadh i le solus a bheireadh 'n ad chuimhne beathaichean fiathaich, agus air uairean eile (an uair a bhiodh a' ghrian dealrach) dhùinadh i leatha fhéin, agus cha b' urrainn da a cumail fosgailte. An uair a bha e air leth-shùil thàinig cion na sùla eadar e 's a chadal, ach a nis bha e a' call a chadail le aobhar eile. Cho luath 's a dheanadh luch an fhuaim a bu lugha anns an oidheche, bheireadh an dara té d'a shùilean elisgeadh aise agus dhùisgeadh i e. Na'm biodh radan a' coiseachd fo'n ùrlar, no na'n tigeadh àileadh sìthinn no seilge dlùth dha, sid a shùil air fosgladh! An uair a bhiodh e a' coiseachd an rathaid bhiodh aire na darna sùla air aon ni, agus aire na sùla eile air rud eile. Anns an oidheche an uair a thòisicheadh aon sùil air fàs trom agus a dh' iarradh i air dol a luidhe, dh' fhosgladh an tè eile gu farsuing agus dh' iarradh i air dol a shealgaireachd. Bha an duine bochd na bu mbiosa na bha e riamh, agus mu dheireadh chaidh e air ais a dh' ionnsuidh an lighiche agus dh' iarr e air sùil a' chait a thoirt as.

"An e nach 'eil i maith gu leòir?" ars' an lighiche.

"Theagamh," ars' an duine, "gu' bheil i maith gu leòir do chat, ach cha 'n 'eil i maith dhomh-sa."

Sin agad, a leughadair, mar a dh' éirich do'n fhear a shaoil gu'n deanadh sùil cait sòna e. Fhuair e mach air a chosdus gu'm b' fheàrr 'da a bhi as eugmhais a fhradaire seachd a bhi air a chuing-cheangal gu neo-chothromach ri nàdur a' chait.

Cha chreutair uasal an cat; cha 'n 'eil a chridhe idir cho mhaith ri shùil. Ach ged nach 'eil e uasal tha e mòrchuiseach, làn dheth fhéin. "Brògan air a' chat," ars' an sean-fhacal, "na'm biodh na h-osain air rachadh e á cnàimh na h-ambaich"—le leòmh is uail. Na'm bithinn a' dol a thoirt breith air coin agus cait a thaobh an giùlain an làthair dhaoinne, theirinn gu robh na coin coltach ris na càs-mhaoir, agus na cait ris na Pharasaidh. Théid an cù air uairean gu maith fada air seachran; ach a dh' aindeoin a sheachrain tha blàths is dìlseachd 'n a chridhe nach 'eil eadhon anns na daoine. Mur bheil coguis bheò aige tha rud-eigin coltach rithe aige; gabhaidh e nàire dheth fhéin an uair a ni e rud ceàrr, agus chithear fìor chomharran an aithreachais 'n a shùil agus 'n a earball. Ged a

tha an cù gu nadurrà gionach cha 'n 'eil e a' deanamh dia d'a bhrù; tha e a' deanamh dia d'a mhaighstir, agus bheir e dha gràdh is dìlseachd cho domhain ris a' chuan. Sealladh a mhaighstir air le gruaim agus tha an cù air a thilgeil sìos a dh' aon ruith do na dòimhneachdan; ach thoirthead e dha maithneas agus nochdadh e dha fàbhar a ghnùise agus tha e an iomairt dol as a chiall le moit is gàirdeachas. Ann am fàbhar a mhaighstir tha beatha a' choin; ni e tràill dheth fhéin los a mhaighstir a thoileachadh, agus bheir e seachad a bheatha los a mhaighstir a dhìon. Tha uaisle 'n a nàdur, a dh' aindeoin buaireadh anns an tuit e agus ole a ni e. Cleas nan cis-mhaor tha an cù buailteach do lochdan a tha follaiseach is dàna; laigse na toile agus anfhannachd na feòla; tha fuil theth is cridhe mear 'g a thoirt a thaoibh ma'n téid e 'n a earalas. Ach cha 'n ann mar sin idir a tha an cat. Tha esan glie is crionna mar a bha na Pharasach; cha 'n ann 's an fheòil no 's an fhuil a tha màthair-aobhair an uile aige-san, ach anns an iuntinn agus anns an spiorad. An uair a pheacaidheas e peacaidhidh e le seòltachd agus gu dìomhair, agus cha dean e aithreachas. Cò riamh a chunnaic cat a' deanamh aithreachais? Cò riamh a chunnaic e agus 'earball eadar a chasan le nàire? Tha e làn de fhéin-fhìreantachd; agus cleas nam Pharasach tha e 'g a chumtas fhéin am measg nam firean aig nach 'eil feum air aithreachas. Cha 'n 'eil cur-a-mach ann coltach ris a' chu, no companas, no dhéidh a bhí 'n a phiseig tha àrdan a' tighinn 'n a iuntinn nach leig leis cluich no mireag a dheanamh riut. Tha e fuar 'n a nàdur is féineil; is ann air a shon fhéin a ni an cat crònan. Tha cridhe a' chion cho fosgailte ris na speuran; leigidh e fhaicinn duit an rud as miosa a tha ann cho mhaith ris an rud as fheàrr. Cha cheil e dad: ni e a dhìùrais ri eòin an adhair. Ach tha an cat ceilteach, dùinte; cha 'n 'eil fhios agad eiod a tha 'n a iuntinn, agus air an làimh eile tha esan caoin-shuarach eiod a tha dol air aghaidh 'n ad iuntinn-sa. Cha 'n ann mar sin do'n chù; cha téid sgur air ach a' sealltainn air t' aodann a dh' fheuchainn an leugh e do smuaintean. Ma tha do smuaintean trom is dubhach tha esan, an creutair gaolach, deas gu caoidh a dheanamh maille riut; agus ma tha do chridhe mear sin an rud as fheàrr leis, agus tha e deas gu cluich a dheanamh comhla riut gus an bi thu sgèth. Ach is suarach leis a' chat co dhiu a tha thu brònach no aibhneach, ma gheibh e àite socrach dha fhéin air do ghluin. Thuirt neach d' am b' aithne na Pharasach gu maith gu robh iad a' glanadh an taobh a muigh de 'n chupan agus de 'n mheis, ach gu robh iad an taobh a stigh làn foirneirt agus ana-measar-

rachd. Neo-ar-thaing nach glan an cat an taobh a muigh; neo-ar-thaing nach cir e fheusag agus nach shìob e a bhian, ach tha an taobh a stigh làn nithean nach gabh innseadh. Nach neo-chiontach an coslas a tha air a' chat mhòr agam fhéin agus e 'na shìneadh mu chionneamh na grìosaich 'n a chadal; theireadh duine nach 'eil eòlach air a dhòighean gur e cadal foisneachail an fhèirein a tha e a' deanamh. Ach cha 'n e idir, ach cadal marbh an ruiteir; bha e mach an raoir air an ran-dan, agus bithidh an nochd cuideachd mur dùinear an dorus air a shròin.

Ach droch pheallach air na cait: chuir iad mi gu buileach bhàrr a' chùrsa a shuidhich mi an uair a thòisich mi, agus feumaidh mi tilleadh air m' ais thuige. Is e a b' aill leam a radh, gu'm faod duine pris ro-mhór a phàigheadh eadhon air rud maith. Is maith an rud fradharc, ach b' fheàrr do dhuine a bhí gun sùil idir seach a shealladh fhaotainn air a' chùmh-nanta gu'm biodh nàdur a' chait ann gu bràth tuilleadh. Glé bhitheanta tha daoine an dùil gu'm biodh iad sona ma'n rachadh aca air iomlaid a dheanamh ri daoine eile 'n an crannchur, agus tha an farnad a tha sin a' dùsgadh anna a' deanamh am beatha searbh. Ach an uair a cheasnaicheas tu iad gheibh thu a mach nach bu mhaith leò idir iomlaid a dheanamh uile gu léir, ach a mhàin ann am pàirt d'an crannchur. Theagamh gu'm bu mhaith leò uiread airgid a bhí aca ris an duine ud, no an crodh 's an caoraich a bhí cho mhaith ri stoc an duine ud eile, no cothrom a bhí aca air a bhí cho dìomhaineach ri cuid-eigin eile. Ach ma tha an duine aig a bheil an t-airgid mór a tha thusa a' sanntachadh 'n a cheard agus 'n a dhrongair, no ma tha bean dhrannanach aige, no ma tha cas-mhaide air, an deanadh tu iomlaid ris uile gu léir, agus an gabhadh tu 'àite? Ghabhadh tu an tuarasdal mór agus an tigh maith a tha aig do choimhearsnach, ach cha ghabhadh tu air son an t-saoghail an droch stamag a tha aige, no an droch nàdur!

Is e an fhèirein nach amais an duine ort ach glé annamh ris an bu mhaith leat suaip a dheanamh uile gu léir agus seasamh 'n a 'àite, ged a gheibheadh tu an cothrom. Is blàth leis gach duine a chraicinn fhéin. Agus co dhiu cha 'n 'eil sonas air a cheangal ri aon suidheachadh seachd suidheachadh eile.

Tha sealladh nan sùil air a chumtas leinne 'n a ni cho prìseil 's nach urrainn sinn pris as motha a chur air rud air bith na ràdh uime, "Bheirinn mo leth shùil air." Ach anns an àird an ear, an measg nan Arabach, cha chuir call a sheallaidh uiread carraid air duine 's a chuireas e oirme. Ged a rachadh aig na lighichean a tha an eaglais a' cur a mach thuca air an fradharc a thoirt air ais daibh tha cuid

de na doill nach leig leò sin a dheanamh air eagal gun caill iad sochairean sònruichte a bhuineas daibh, sochairean na baigearachd. Tha fhios aca gu bheil an doille a' dusgadh iochd is truacantas ann an cridheachan dhaoine, agus is fheàrr leo a bhì gun sùilean agus déire fhaotainn seach solaradh air son an lòn. Ann an reachdan a tha na's sinne na laghaman Mhaois (reachdan Hamurabi) tha e air a chur sìos gur e prìs sùla sia seceil. "Ma dh'fhoghlas ligheiche lionnachadh air sùil duine le bior pràis, agus gu'n caill an duine an t-sùil pàighidh an ligheiche dha sia seceil." Ged nach robh mòran air a chur mu choinneamh sùla an coimeas ri nithean a shaoileamaid-ne nach robh idir cho fiachail, bha e 'n a lagh maith is ceart gu'm biodh ligheichean air am peanasachadh air son an cearbachd no an uipearachd.

Bha mi a' bruidhinn o chionn ghoirid ri boirionnach còir a tha creidsinn ann an droch shùil. Dh'fhedraich i dhìom an robh mi a' creidsinn anns an rud mì fhéin, agus air dhomh a ràdh nach robh, is e a thubhairt i, "Ach nach 'eil an droch shùil anns a' Bhiobull?" Tha na facail *droch shùil* anns a' Bhiobull gun teagamh; bha muinntir nan dùthchannan as an d'fhuair sinn am Biobull a' creidsinn innte, agus theagamh gu robh cuid de na daoine naomh a sgrìobh e a' creidsinn innte iad féin, ach air a shon sin cha 'n 'eil facal an Tighearna a' toirt gnùis air bith do ghisreagaich de'n t-seòrsa sin. Cha 'n 'eil an droch shùil a tha air a h-ainmeachadh ann an soisgeul Mhare (VII., 22) a' ciallachadh sùil a leagas làir, no bò, no pàisde, as an seasamh; tha i a' ciallachadh gu bheil spìocaireachd, no sannt, no farmad, ann an cridhe an duine aig a bheil i. Agus tha na faireachduinnean olc sin ann an cridhe iomadh duine nach do chuireadh *droch shùil* riamh as a leth.

Ciamar a sgaol an creideamh so air feadh an t-saoghail uile, oir tha e coltach nach 'eil ceàrn nach do ràinig e; nach 'eil ceàrn de'n t-saoghal anns nach 'eil daoine 'g an sianadh fhéin o dhroch shùil? Dh' éirich an creideamh so ann an dòigh shimplidh gu leòir; dh' éirich e a chionn gu bheil sùil a' chait ann an ceann cuid de dhaoine gu nàdurra. Ann dràs 's a rithist chì thu sùil ann an ceann duine nach 'eil coltach ri sùilean chàich; tha solus, no luasgan, no fuath, no neònachas air chor-eigin innte a chuireas eagal ort is gairisinn air t' fheòil. Am bitheantas tha an duine anns a bheil i 'n a dhroch dhuine, farmadach is gamblasach; tha e 'n a dhuine is ion duit eagal a bhì agad roimhe. Co dhiu a tha ann each, no mart, no cù, no duine, innsidh a shùil dhuit a nàdur. Bu cho mhaith leam each anns an robh an spèabhaidh a cheannach ri each anns an robh droch shùil, agus ged nach 'eil mi a' creidsinn gu bheil

cumhachd aig sùil duine air thalamh corp goirt a thoirt do'n ghamhuinn ruadh agam, cha bu mhaith leam duine aig a bheil sùil ghrannda fhaicinn a' tighinn a steach air mo gheata. Cha bu mhaith, a chionn gu bheil mi cinnteach nach biodh ann ach duine dona, agus nach biodh tlachd agam 'n a chompanas no 'n a sheanchas.

Ach tha seòrsachan eile de dhroch shùilean air an ainmeachadh anns a' Biobull, agus is iad sin na sùilean o'n ion dhuinn sinn fhéin a shianadh le gràs Chrìosd. (1) Sùil mhear na mnatha-coimhich a thàirngeas air falbh daoine amaideach mar a ghreasas eun do'n rìbe no damh chum a chasgraidh. A thaobh a' bhoirionnaich sin tha facal an Tighearna ag ràdh, "Na clàonadh do chridhe chum a slighean; na rach air seachran 'n a ceumaman; oir is slighe gu Ifreann a tigh, a' dol sìos gu seòmraichean a' bhàis." (2) An t-sùil a bhios a' caogadh. Cha tric a tha caogadh shùil 'n a nì neo-chiontach; tha e air a dheanamh gu magail, air neo tha e 'n a chomharradh air olc air chor-eigin mar bha pòg Iudais. Anns an t-salm (XXXV., 19) tha an salmadair a' ciallachadh le caogadh na sùla, an gàirdeachas a nì droch dhuine an uair a thig mi-fhortan air chor-eigin an còir a choimhearsnaich. Na leigeadh Dia gu'm biodh a leithid sin de shùil againne! An uair a thuirt an duine glic mu'n mhnaoi-choimhich (Gnath-fhacail VI., 25), "Na glacadh i thu le a rosgan," is e a bha e ciallachadh leis an fhacal sin, gu'm biodh i a' caogadh anns an dol seachad los aire nan gillean òga a tharruing thuice agus cuireadh a thoirt daibh dol leatha. (3) Sùil a sheallas air mnathan no nigheannan gu neogheimnidh, an t-sùil a bha aig Chrìosd 's an amhare an uair a thubhairt e, "Co air bith a dl' amhairceas air mnaoi chum a miannachadh, rinn e adhaltranas leatha cheana 'n a chridhe." Bho na trì seòrsachan shùil sin gu'n saoradh Dia sinn uile le gràs a mhic agus cumhachd a spioraid.

AN T-ÒL.

Ann an àite eile air an duilleig so thuirt sinn gu'n toirear am bonn-a-sé do Chrìosd agus gu'n gleidhear dhuinn fhéin an tasdan, agus gus am facal sin a mhùneachadh, bu mhaith leinn innseadh d'ar luchd-leughaidh gu'n do chuir an rìoghachd so an uiridh £259,000,000, ann an deoch làidir. O thoiseach a' chogaidh chuir Breatunn £1,000,000,000 anns an òl. Rud nàrach! Ciamar is urrainn duinn beannachd Dhé iarraidh gu h-onorach an uair a dl' òlas sinn barrachd ann an aon seachduinn na chuireas sinn anns an t-soisgeul ann am bliadhna?



MIANN AIR GLOIR.

Am bheil thusa ag iarraidh air do shon féin nithe mòra? Na h-iarr.—Jeremiah, XLV., 5.

Sin comhairle ghlic a thug am fàidh Jeremiah air a charaid òg Baruch. A réir choslais bha Baruch tuilleadh 's a chòir gaolach air glòir shaoghailta; bha e an dùil gu'm faigheadh e posta maith, agus gu'n deanadh sin sona e. No theagamh gu robh dùil aige gu'n cuireadh Dia eadhon urram a b' àirde air, agus gu'n tugadh e dha spiorad na fàidheadaireachd. Ach ciod air bith a bha 's an amharc aige, chomhairlich Jeremiah dha gun a chridhe a shocrachadh air nithe mòra, agus a bhi toilichte le chrannchur.

Tha an dara leth de shluagh an t-saoghail a' milleadh an sonais le bhi suidheachadh an cridhe air nithean mòra, agus a' cur nithean beaga an suarachas. Tha farmad aca ri daoine a tha ann an inbhe àrd agus a tha làimhseachadh nithean cudthromach; agus tha iad an dùil gu'm biodh iad féin na b' fheàrr agus na bu shona na tha iad na'n robh iad ann an suidheachadh eile seach an suidheachadh iriosal anns a bheil iad. Ach cha 'n 'eil ann an sin ach féin-mhealladh, oir tha e cho furasda do dhuine sonas a shealbhadh agus seirbhìs a dheanamh do Dhia ann an staid ìosal 's a tha e ann an inbhe mhòr. Mur bheil duine dìleas anns a' bheagan cha bhi e dìleas anns a' mhòran.

An uair a tha duine neo-toilichte leis an àite a thug Dia dha tha sin a' ciallachadh gu bheil e a' tòiseachadh air nithean mòra iarraidh; gu bheil e a' toirt geill do'n fhacal. *Am fear a bhios air dheireadh beiridh a' bhéisd air.* Ach is e an fhirinu gur ann air an fheadhainn leis an gaol a bhi air thoiseach a bheireas a' bhéisd; daoine mar a bha Diotrefes leis an bu mhiann àrd-cheannas a bhi aige an measg chàich. An dràs 's a rithist tachraidh duine ort a tha saoilinn cho beag d'heath fhéin agus a tha cho iriosal a thaobh nan tàlaman a thug Dia dha 's gu 'n diult e obair mhòr no àite mòr a ghabhail os làimh, an dùil nach 'eil e airidh no freagarrach air an son. Cha b' ann ris an t-seòrsa dhaoine sin a labhair Jeremiah an facal so, ach ris an t-seòrsa eile a bhios a' sanntachadh obair usal is ionadan àrda, co dhiu a tha iad freagarrach air an son no nach 'eil. Sin na daoine a tha feumail air comhairle, agus mur gabh iad comhairle, air smachdachadh; daoine a chocas an sròn ri nithean a tha os an cionn. Cha 'n 'eil rud air

an t-saoghal as cinntiche na gu'n loisg duine a tha miannach air urram is glòir a chorragan, luath no mall.

A bheil cuimhne agad, a leughadair, mar a dh' éirich do'n fhoghannan a bha ann an Lebanon? (Theirear ris ann an àitean eile an cluaran, no an diogan.) Chuir am foghannan fios a dh' ionnsuidh an t-seudair ag ràdh, Thoir do nighean do mo mhac-sa 'n a mnaoi. (*II. Rìgh, XIV., 9.*) Nach ann aig an fhoghannan a bha a' bhathais! Bu dona a fhreagradh nighean an t-seudair air mac a' chluarain, oir bean á tigh mor is bò à baile, cha fhreagair iad air duine bochd. Ach bha àrdan na poite bige ann an cridhe a' chluarain agus dh' iarr e air a shon fhéin nithe mòra. Ach thoir an aire ciod a thachair; tha e air a ràdh, "agus chaidh fiadh-bheathach seachad a bha ann an Lebanon, agus shaltair e sìos am foghannan." Cleas chlann daoine anns an bi tuilleadh 's a chòir de'n mheud-mhor, fhuair an cluaran bochd a shròn a shuathadh anns an duslaich. An ti a dh' àrdaicheas e féin islichear e.

Anns a' cheart leabhar a tha ag innseadh dhuinn mar a thachair do'n fhoghannan aig an robh miann air glòir is nithe mòra tha iomradh air a dheanamh air boirionnach còir a bha toilichte le a cranmchur agus anns nach robh leòrn no farmad. (*II. Rìgh, IV., 13.*) Thug i aoigheachd do Elisa seirbhiseach an Tighearna an uair a bha e air thurasan a Mhaighstir air feadh no dùtcha, agus air dhasan a bhi deònach air fàbhar air chor-eigin a thoirt dith ann an comain a h-aoigheachd ghairm e oirre agus thuirt e rithe, "An aill leat labhairt air do shon ris an rìgh, no ri ceannard an fheachd?" Ach fhreagair ise, "Am measg mo shluaigh féin tha mi a'm' chòmhuidh." Mar gu'n abradh i, Tha mi toilichte gu leòir le mo bhothan beag fhéin, agus tha e a' freagairt orm mòran na's fheàrr na dol an measg mhnathan riomhach is uaislean na cùirte. Am bitheantas tha e gòrach do dhuine a dhaoine fhéin fhàgail agus tòiseachadh air cumail suas ri daoine a tha ann an suidheachadh beatha os a chionn. Faodaidh gu 'n riarach sin faoineas na h-inntinn aige car greis, ach luath no mall, gheibh e mach air a chodus nach 'eil ann ach diòmhanas nan diòmhanasan agus ruith na gaoithe. Gonaidh e a chridhe fhéin le mòran dhoilghiosan, oir "mar eun a thèid air seacharan o a nead mar sin tha am fear a theid air seacharan o 'aite féin."

An an dara leabhar Shamuel (caib XIX.) tha naigheachd mu sheann duine gasda aig an robh

a' cheart spiorad glic agus iriosal a bha aig a Bhan-sunamaich, Barsillai an Gileadach. Rinn esan seirbhis shònruichte do Dhaibhidh, agus bha Daibhidh air son a thoirt leis do Ierusalem, gu bhli suidhe aig a bhòrd rioghail féin. Ach ged a bha Barsillai ceithir fichead bliadhna a dh'aois bha a thùr 's a chiall aige, agus dh' iarr e air an rìgh a leth-sgeul a ghabhail agus leigeil leis fautuinn 'n a bhaile féin, làimh ri uaigh 'athar agus a mhàthar. Bha Barsillai glic, agus bha fhios aige gu maith gu'm biodh barrachd sonais is saorsa aige am measg a dhaoine féin na bhiodh aige am measg mhaithean na cùirte, agus gu'm b' fheàrr dha gluasad gu fòil agus gu h-iriosal ré nan bliadhnachan a bheireadh Dia dha air thalamh seach leigeil le glòir shaoghalta agus miann air nithean mòra a tharruing air falbh gu sligheannan neo-fhoisneachail. Is maith an combarradh air duine (an dà chuid a thaobh gràis agus a thaobh tìr nadurra) gur h-aithne dha 'àite féin agus gu'm fan e ann. Sin rud nach b' aithne do chuid de na h-ainglean ged a b' àrd an inbhe, oir tha an t-abstol Iudas ag ràdh *gu'n d' fhàg iad an àite-comhnuidh féin*. Cho fhad 's a dh' fhan iad 'n an inbhe dhligheach bha iad treun an neart, 'n an luchd-frithealaidh do Iehobhah, a' deanamh a thoile, ach an uair a thog iad an aire agus an inntinn ri nithean mòra nach buineadh dhaibh *thuit iad*, agus bha an tuiteam gun éirigh. Agus mar a thachair do na h-ainglean tachraidh do chlànn daoine cuideachd an uair a leigeas iad le earraghlòir làmh an uachdar fhaotainn orra.

Ann an seirbhis Dhé tha e duilich a ràdh cìod iad na gnìomharan a tha mòr no beag. An rud a tha beag 'n ar sùilean-ne faodaidh e bhli mòr ann an suilean Dhé, agus an rud a tha mòr leinne faodaidh e bhli beag ann an sùilean uile-léirsinneach an Tighearna. Chaidh ainm Mhaois air feadh an t-sàoghail uile agus cha 'n 'eil cunnart air bith gu'n caillear sealladh air an obair a rinn e, ach cia meud duine a chual iomradh riamh air a mhàthair, no aig a bheil cuimhne air a h-ainm. Ach na'n robh Maois air 'altrum le gogaid Eiphiteach theagamh gu'm biodh e coltach rithe féin agus nach cualas riamh iomradh air 'ainm. Cha d' iarr is cha do rinn Iochebed nithe mòra, ach ghluais i gu h-iriosal maille ri Dia a h-aithrichean, dh' altrum i a leanabh gu caombail, ag innseadh eachdraidh a shìnsir dha agus a' seinn òrain a dhùthcha dha, agus mar sin dh' ullaich i slighe an Tighearna, oir fo theagasg a mhàthar righnaich Maois olc flulang maille ri slùagh Dhé seach ionmhasan na h-Eiphit a mhealtainn. Theagamh gu 'n cuir e iongantais air Iochebed ann an là a bhreitheanais a h-ainm a chluinntinn am measg ainmean fhàidhean agus abstol agus cheatharnach eile a cheannsaich rioghachdan

agus a dh' oibrich fireantachd, ach bidh a h-ainm am measg nan ainmean sin gun teagamh do bhrìgh gur léir do shùil Dhé gach nì luachmhor. Biodh e, mata, 'n a chomh-fhurtachd do gach màthair is pinthar a leughas an duilleag so, gur léir do Dhia an obair iriosal is fholaichte a tha iad a' deanamh an taobh a stigh de bhallachan an tighe, là as déidh là, is seachduinn as déidh seachduinn; agus cuimh-nicheadh iad gu bheil an dilseachd shàmhach agus an t-eud diadhaidh a tha iad a' nochdadh ann an riaghladh an tighe agus ann an togail an teaghlach air a chumntas cho fiachail le Dia ri fianuis nan soisgeulaichean agus nam martarach, oir cha 'n ann le troigh no le meidh a thoinhseas Dia an obair, ach a réir an spioraid anns an do rinn iad i.

Mur bheil duine a' cleachdadh nan buadhan a thug Dia dha ann an àite beag cha mhò a chleachdadh e iad ann an àite mòr ged a gheibheadh e e. Is aithne dhuinn ministearan nach 'eil a' toirt d'an coimhthional ach moll is smodan a chionn nach 'eil ag éisdeachd riu ach dòrlach beag de dhaoine gun sgoil, ach a tha an dùil gu 'n tugadh iad seachad searmoin a bhiodh cho maith ris na searmoin aig Pol, no Apollos, no Chrysostom na'n robh eaglais mhòr is coimhthional mòr aca ann an Dunéideann no ann an Glaschu. Cha 'n 'eil na daoine sin ach 'g am mealladh féin; bhiodh an smodan anns an eaglais mhòir cho cinnteach 's a tha e anns an eaglais bhig, oir mur bheil duine dileas ann an Tigh Iain Ghreòta cha bhiodh e dileas ann an baile mòr an rìgh. Is aithne dhuinn uile tuathanaich a tha 'g an mealladh féin air a' cheart dòigh, an dùil gu'n deanadh iad tuathanaich a b' fheàrr na'n robh fearann an coimhearsnaich aca: am measg shaor is chlachairean is uile sheòrsachan eile gheibh thu daoine a tha am beachd gu'n deanadh iad nithean mòr is iongantach na'n d' fhuair iad cothrom. Ach c'ar son nach d' fhuair iad cothrom? Bha facal aig na seann daoine a tha freagairt air an t-seòrsa so, "An uair a bhiodh an sgadan mu thuath bhiodh Murchadh Ruadh mo dheas." Cha 'n 'eil ann ach cosg ùine do dhuine a bhì brudair air na h-euchdan a dheanamh e na'n d' thug Dia a chrannchur dha ann an àite eile seach an t-àite a tha aige.

Coma leatsa, mata, a leughadair, do chridhe a shocruchadh air nithean a tha ro-àrd air do shon. Bì dileas do Chriosd 'n ad obair agus 'n ad theaghlach, 'n ad dhol a mach agus 'n ad theachd a steach, 'n ad luidhe sìos agus 'n ad éirigh suas; bì coguis each ann an nithean beaga cho mhaith ri cùisean mòra, ann an uaigneas cho mhaith ris na h-amannan anns a bheil thu air do chuartaich le moran fhianuisean: nochd gràdh is caoimheas is caomhalachd d' ad mhaoi agus d' ad chloinn

agus do gach duine eile ris a bheil gnothuch agad, agus ma ni thu sin, gheibh thu mach 'n ad fhiosrachadh féin gu bheil am barrachd tlachd is sonais r'a fhaotainn o na dleasdanasan a tha dlùth agus a ghabhas deanaamh, na tha r'a fhaotainn o bhi brudair air nithean mòra nach tachair gu bràth.

AM MINISTEAR AGUS AN GILLE RUADH.

An cual thu riamh, a leughadair, mar a dh' éirich do Mhaighstir Ruairidh, ministear Chillepheallaig, an uair a reic e an t-each air an Fhaidhir Mhuilich?

Bha sgonn làidir de ghearran aig a' mhinistear, ach coltach ris fhéin bha e a' fàs sean agus bha e air son dealachadh ris agus fear a b' òige fhaotainn. Bha fichead tuathanach ann an coimhthional Mhaighstir Ruairidh ris am faodadh e reic is ceannach earbsadh, agus a bhiodh toileach gu leòir an dragh sin a ghabhail os làimh air a shon, oir cha bu leasg leis fhéin iasad de 'n each a thoirt do dhuine sam bith, aig an robh feum air. Ach cha leigeadh Maighstir Ruairidh le duine a chunnaic e riamh faidhir a sheasamh 'n a àite, oir b'e aon de na fàilingean beaga a bha fauighte ris, gu robh e an dhùil nach robh tuathanach no treabhaiche anns an sgìreachd d'am b' aithne each cho mhaith ris.

Ma tha an Sailean dubh mar a bha e mar is cuimhne leamsa, dh' fheumadh duine tuilleadh is beagan Gréigis a bhi 'n a cheann n'an rachadh e a mhalairt ris na seòid a thig a dh' ionnsuidh na faidhreach á Eirinn is Glaschu, gun a bhi bruidhinn idir air Tirisdich is Liosaich. Mar is sinne agus is crùbaiche an t-each a tha agad r'a reic is ann as mò a dh' fheumas tu a bhi 'n ad earalas, oir tha rud-eigin de'n onoir agus de 'n uaisle anns na dròbhairean mòra a bhios a' ceannach nan each maith, ach cha 'n 'eil dad idir dhiubh anns na cealgairean beaga a bhios a' ceannach nan seotachan.

Reic Mhgr. Ruairidh an gearran ceart gu leòir, ach ged nach d' fhuair e mòran air a shon thuirt e ris fhéin gu robh an t-each sean agus nach b' urrainn da fughair a bhi aige ri prìs nan còig-bhliadhnaich. An uair a fhuair e an t-each bhàrr a làmhan chaidh e mu 'n cuairt na faidhreach a dh' fheuchainn am faicheadh e fear eile a chòrdadh ris. Neo-ar-thaing nach robh eich ann, agus nach robh ruith orra cuideachd; chitheadh tu sìochdairean beaga le casan cuagach, curraichdean sguibeach orra, agus cràbhatan caola air an teannachadh m' an amhaich le snaoin, cuip ann an làimh gach fir an déidh eich, agus iad uile a' glaothaich àird an cinn a' moladh an eich a bha iad a' reic.

Cha do ghabh Maighstir Ruairidh gnothuch riutha sin, oir bha amharus aige nach robh anna ach na slaightearan, agus eo dhiu cha do luidh a shùil air each a chòrd ris. An déidh dha an fhaidhir a chuartaich agus gun rud freagarrach fhaicinn, thuirt e ris fhéin gu robh e coltach nach fhaigheadh e each idir, agus mar sin gu robh cho mhaith dha dol a steach agus a dhinnear a ghabhail.

Is e sin a rinn e. An uair a ghabh e a dhinnear smuainich e gu 'n tugadh e sgrìob eile air feadh na faidhreach a dh' fheuchainn an tachradh each air a riarachadh a shùil. M'an deachaidh e fhad fhéin o dhorus an tigh-òsda, faicear gille ruadh agus macsamhuil do'n each a reic e aige air thaod, ach a mhàin nach robh blàr ann, agus gu robh ceithir chasa dubha air, an àite iad a bhi geal mar a bha casan Dhaoimein. (B'e Daoimean ainm an eich a reic e.) Bha car de eagal air Mhaighstir Ruairidh gu robh an t-each so ro bhras air a shon, oir bha e a' danasadh air a cheithir chasan mar gu'm biodh òigeach, agus an uair a leigeadh an gille ruadh a cheann leis, ghearradh e sìrdagan cho mear ri searrach. Ach bha a choltas a' còrdadh ris cho mhaith 's gu'n do rinn e suas 'untinn gu'n ceannaicheadh e e. Sheas e r'a thaobh 'g a thomhas, agus cha robh leud na ròinneige eadar e fhéin is Daoimean ann an àirde; ann an cumadh agus ann an culaidh bha iad cho coltach r'a chéile ri dà sgadan, ach a mhàin nach robh geal ann, agus gu robh spiorad is braise ann nach robh ann an seann Daoimean. "Brisidh each gun urras enàimhean," ars' an ministear, "an leig thu lean fheuchainn ann an aefhuinn?" "Leigidh gu toileach," ars' an gille ruadh, "agus theid mi an urras dhuibh air cuideachd." Chuir iad aefhuinn air an each agus ghabh iad sgrìob leis a mach gu Aros, agus cha bu cheum air ghàig leis an each falbh no tighinn. "Is e an aon choire a tha agam dha," ars' an ministear, "gu bheil e ro bheò air son mo leithid-sa; bha an t-each a reic mi cho còir socrach 's nach freagair fear cho bras so orm 'n a dhéidh." "Bras," ars' an gille ruadh, "na cuireadh sin eagal air bith oirbh; ciamar nach biodh an creutair bras, agus e 'n a sheasamh ann an stàbull bho chionn mìos gun char 'g a dhean-anh. Cha 'n 'eil braise air bith anns an each ach a' bhraise a tha an òige agus siol maith coiree a' cur ann; theid mi fhéin an urras air gu'm bi e cho ceanalta ri maighdinn."

Cheannaich Mhaighstir Ruairidh an t-each, ach b' fheudar dha dà fhichead punnd Sasunnach a thoirt air a bharrachd 's a fhuair e air Daoimean. Bha e annoch an uair a ràinig e Cillepheallaig, agus cha do rinn e ach an t-each a chur a stigh anns an stàbull agus greim feòir a thoirt da, gun a theaghlach a dhùsgadh.

Cho luath 's a ghabh e a bhraiceas anns a' mhaduinn thug e leis a bhean a dh' fhaicinn an eich, agus sméid e air tuathanach a bha air taobh eile a' ghàrraidh (aon de na foirfich aige fhéin), oir bha e air son a bharrail air an each ùr a chluinntinn. An uair a thugadh a mach an t-each cha robh e idir cho bras 's a bha e an dé; an àite dannsadh air a cheithir chasan is ann a chuir e a shròn ann an achlais bean a' mhinistear, dìreach mar a bha e 'n a fhasan aig Daoimean a dheanamh. Chaidh an tuathanach mu'n cuairt air an each, a' sealltuinn air gu dùr agus gun e ag ràdh facal; dh' fhosgail e a bheul agus sheall e air fhaiclan; thog e té an déidh té d'a chasan, 'g an suathadh air a shocair eadar a' ghlùn agus na luigheannan; sheall e air a cheann, agus air a shùil, agus air clàr 'aodainn, agus dh' fhuasgail e na ribinnean rìombach a bha air an ceangal na' earball; agus an sin thionndaidh e ri Mhaighstir Ruairidh is thuirt e ris, agus braoisg air o chluais gu cluais, "Tha eagal orm, a mhinistear, gur e seann Daoimean a tha agaibh fhathast."

Sin agad, a leughadair, mar a dh' éirich do mhinistear Chille-pheallaig an uair a chaidh e gu faidhir an t-Sàilein; thug an gille ruadh an car as agus fad iomadh latha 'na dhéidh, bha am facal so anns an sgìreachd, an uair a bhiodh dà rud coltach r'a chéile, *Tha e cho coltach ris ri Daoimean*.

Theagamh gu'n abair thu rium nach robh anns a' mhinistear ach am bunalair agus gu'm bu bhochd sgìreachd a bha e os a ciunn. Ach a dh' aineòin an driod-fhortain a thàinig air agus a' chluaidh-sphùrt a rinn e dheth fhéin, cha b'è bunalair idir a bha ann an Mhaighstir Ruairidh, ach duine cho glic grunndail 's a bha ann an Cléir Mhuile. Bha e 'n a shearmonaiche maith ann am Beurla 's an Gàidhlig; bha e fiosrach tùrail 'n a sheanachas am measg dhaoine, agus theireadh na buill eile a bha suidhe còmhla ris air bòrd nam bochd agus air bòrd nan sgoilean gu robh a chomhairle daonnan glic is fallan. Ciamar, mata, a rinn e a bhuamastaireachd a rinn e. Rinn a chionn gu robh, mar a thuirt mi cheana, fàiling bheag an ceangal ris—bha e an dùil gu'm b' aithne dha each, agus bha e a' deanamb rud beag de uail as an eòlas. Sin fàiling a tha an ceangal ri mòran eile cho mlaith ri Maighstir Ruairidh, eadar an Sàilean agus Peairt; tuathanaich aig nach 'eil Greigis cho mlaith ri ministearan aig a bheil i,—ni iad air uairean rud glé thuaitheal a chionn nach toigh leò aideachadh nach 'eil iad suas ri each a mheas.

Tha an sean-fhacal ag ràdh gur trom an t-éire an t-aineòlas, ach tha e a dhà thruimead an uair a tha duine 'g a cheiltinn agus 'g a fholach. Is e aon de chomharra a' ghliocais ann an duine, gu'n aidich e gu saor nach 'eil eòlas aige air nithean nach aithne dha. Ach

sin rud nach urrainn mòran dhaoine a dheanamh. Cuiridh iad an ceann ann an staing anns nach ruigeadh iad a leas dol na'n robh de mhisnich aca na dh' aidicheadh an aineòlas. Uair a dh' fheadraich duine-éigin de'n Ollamh Mac Iain c'ar son a chuir e sìos faacil shònruichte (agus gun iad ceart) anns an Fhoclair a sgrìobh e, fhreagair an duine onorach, "Chuir, a chionn gu'n d' thug an t-aineòlas orm a dheanamh, an dearg aineòlas." Cha ruig duine a leas nàire a bhi air aideachadh nach 'eil e eòlach no tuigseach ann an iomadh ni a tha an taobh a muigh d'a obair féin. Tha còir aige aithne is tùr a bhi aige anns na gnòthuichean a bhuineas da agus a tha tachairt air 'n a obair gach latha, ach ma tha e cho faoin 's gu'm bi e a' gabhail air nach 'eil rud air nèamh no air thalamh nach b'aithne dha, biodh e cinnteach gu'n dean e cladhaire dheth fhéin uair-eigin, agus gu'n tachair gille ruadh air a leigeas fhaicinn da nach 'eil e cho glic 's a tha e a' saoilinn.

Tha aineòlas is aineòlas ann. Bhiodh e nàrach do mhinistear gun a bhi eòlach anns a' Bhiobull, oir is e am Biobull a chist-achunn-each agus is dona am fear-ceairde nach 'eil suas ris gach ball-achfhuinne a tha aige; bhiodh e narach dha a ràdh mar a thuirt bean Eachuinn nu na h-abstol air là a' cheasnachaidh, gu'n cual i iomradh air an ainm ach nach robh fhios aige gu dé a rinn iad, ged a dh' fhaodteadh leth-sgeul bean Eachuinn a ghabhail, agus i car gleòsgach co dhiu. Bhiodh e nàrach do thuathanach nach b' aithne dha soc seach sgiath cruinn, no nach aithneadh e aois mairt is eich, no nach rachadh e glé dhlùth do chudthrom daimh no cruach fheadir, ach cha ruigeadh tàillear a leas nàire air bith a bhi air a chionn nach b' aithne dha an ceann ceart no ceàrr de chrann, no a chionn nach robh ainmean rìghrean Israeil aige air a theangaidh. Sin far an deachaidh Mhaighstir Ruairidh ceàrr, nach leigeadh àrdan na h-inntinn fheadulior leis aideachadh gu robh e aineòlach air eich ged a bha e eòlach air iomadh rud eile, air rìghrean Israeil, is diathan na Gréige, is treathlaich eile nach biodh a chum mòran feuma dha ann am margadh nan each.

Ach ged a rinn an gille ruadh ball-magaidh is aobhar-ghàire de'n mhinistear b' fheàrr leam a bhi an còta a' mhinistear na bli 'n a chòtasan, oir is fheàrr a bhi socharach na bhi breugach, is fheàrr ole fhulang na ole a dheanamh. Is beag air gach duine còir an fhoill; cha bhi suaimhneas aig eucoir no seasamh aig droch-bheirt, agus luath no mall, gheibheadh an gille ruadh a mach gur fìor am facal,

*An rud a gheibhear aig ceann an deamhain
Caillear e aig 'earball.*

FRONT PAGE

[The text in this section is extremely faint and illegible. It appears to be a multi-column layout, possibly a table or a list of entries, but the specific content cannot be discerned.]



AN SGOINN.

Cruinnichibh am biadh briste a tha dh' fhuigheall ann, a chum nach caillcar dad.—Eoin VI., 12.

Tha fhios aig an t-saoghal nach robh spìocaireachd anns an t-Slànuighear bheannaichte, ach ged nach robh e cruaidh bha e cùramach. An uair a bheannaich agus a mheudaich e na còig builionnan eòrna agus an dà iasg dh' iarr e air na deiseiobuil am biadh briste a bha dh' fhuigheall ann a chruinneachadh. Cha bu mbaith leis gu racladh dad a dholaidh. Nach bu mbaith do'n riòghachd na'n robh an t-arm cho cùramach so mu bhìadh ann am bliadhnachan a' chogaidh! Anns an leabhar a sgrìobh Shackleton (an duine a bha ag iarraidh gu eridhe na h-àirde deas) tha e ag innseadh gu robh am biadh mu dheireadh cho gam orra 's gu robh sbruileach arain na b' fheàrr na'n t-òr. "Na'n tuiteadh mìr arain air fear againn," tha e ag ràdh, "ged nach bu mhò e na frìde, fhliuchadh e a chorrag' n a bheil agus thogadh e an smùirnean." Là a dh' éirich e fhéin 's a chompanaich o'm bìdh agus barrachd acrais orra na bha orra a' suidhe aige, bhòidich iad na'm biodh iad air an caomhnadh gu tighinn dachaidh, na'm faicadh iad gu bràth duine no balach air an robh an t-acras, gu'n tugadh iad dha aon séip mbaith co dhiu. Theagamh gu bheil seòrsachan eile de ana-caitheamh a cheart cho dona ri aran a chur a dholaidh, ach co dhiu tha e grannda caoban mòra arain fhaicinn air an rathad mhòr no air an dùnan, agus a liughadh duine anns an dùthaich a' niannanaich leis a' chion.

Tha cùram is cùram ann. Tha cuid de dhaoine ann a thruiseas na suip ach a leigeas na h-adagan a dholaidh. Tha iad cruaidh mu'n sgillinn ach bog mu'n tasdan. Sin an caitheamh crionnta nach tig ach do shìol nam bodach. Ach tha cùram eile ann agus cùram as fheàrr, an cùram a tha co-ionnan ri sgoim. Is maith an rud sgoim agus is bochd an tigh anns nach 'eil i. Na'n robh a chòir air a cumail—an rud nach 'eil—cha bhiodh cead pòsaidh air a thoirt do fhear no do thé air bith anns a bheil a' mhì-sgoim. Ma tha tighinn-a-steach mhaith aig fear an tìghe theagamh nach bi an tìgh uair air bith gun bhìadh, ged a bhios e gun ghrinneas; ach ma tha an tuarsadal beag agus bean an tìghe gun sgoim, mo thruaighe an tìgh sin! Thuirt an duine glic, Solamb, gur h-òc an rud bean aimbreiteach eadhon ann an tìgh farsuinn, ach dh' fhaodadh e a ràdh cuideachd

nach fheàrr bean gun sgoim. Is e an dà aobhar as bitheanta a tha a' briseadh ceangal a' phòsaidh ann an Albainn, drongaireachd anns na fir agus mì-sgoim anns na muathan. Bho'n dà mhàthair-aobhair sin tha sìol liònmbhor de uile eile ag éirigh. Ma bu mbaith leat a thuigsinn ciod is ciall do sgoim leugh na tha Solamb ag ràdh mu'n mhnaoi shubhailceach (*Guath-fhuicail, XXXI.*). "Iarraidh i olaim agus liòn, agus oibrichidh i gu toileach le a làmban; cuiridh i a làmban air an dealgan agus gabhaidh glacan a làmh greim de'n chuigèil. Ni i dhi féin còmhdaichean a dh' obair ghréis; a dh' anart grinn agus de chorcur tha a h-aodach. Bheir i an aire do shlighean a teaghlach, agus cha 'n ith i aran an diòmhanais." Ma thug a fear sìtheann as a' bheinn cuiridh ise gu deagh bhuil e, oir tha ealam aice air banachas-tìghe.

Cha b'e an spìocaireachd, ma ta, ach an sgoim a thug air Criosd iarraidh air na deiseiobuil an fhuigheall arain a chruinneachadh. Cha 'n 'eil teagamh nach biodh e feumail dhaibh an màireach, ach ged nach bitheadh idir, bhiodh e mì-sgoimeil dhaibh an leathad air an do shuidh iad, fhàgail, agus e làn de chrìomain arain agus nde chnàmhan éisg. Na'n do leig e leatha, theagamh nach cuireadh na deiseiobuil de dh'ragh orra féin na ghlanadh an fear a shalaidh iad; ach bu toigh le Iosa grinneas agus thug e orra an raon fhàgail cho grinn bòidheach 's a fhuair iad e. An d' thug thu riamh an aire a leughadair, cho grinn, sgiobalta, cuimir, 's a bha Iosa 'n a uile ghnìomharan? Cha do rinn e rud riamh gu tuaitheal. Bha e òrdughail cuimseach 'n a theagasg, agus a cheart cho fìnealta 'n a ghnìomharan. Bu toigh leis snas is grinneas. An uair a dh' éirich e o na marbhaibh air maduinn na h-aiseirigh, agus a sheall na deiseiobuil a steach do'n uaigh, chunnaic iad an nèapaicinn a bha m'a cheann, *air fhilleadh ann an àite air leth*. B'e maduinn na h-aiseirigh àm cho sòluimte 's a bha riamh ann, oir bha nithean mòr is iongantach a' taclairt; ach eadhon aig àm cho sòluimte sin ann an beatha Chriosd cha do dhìchuimhnich e an uaigh a dheanamh grinn sgiobalta m' an d' fhàg e i, agus an nèapaicinn a bha m'a cheann fhilleadh. Ged a bha fìthead rud eile air 'inntinn an t-seachduinn mu dheireadh d'a bheatha thug e an aire mhaith gu robh àite air ullachadh air son na suiper dheireannach a bha e dol a ghabhail maille ris na deiseiobuil; ged a bha e a' giùlan cudthrom air 'inntinn nach do ghiùlain duine eile roimhe no 'n a dhéidh, lorgaich e roimh làimh

àite anns an gabhadh iad i, los nach biodh cabhag no troimh-chéile air bith ann, an uair a thigeadh an t-àm "Nochdaidh esan dhuibh seòmar-uachdrach farsuinn, *uidheamaichte*." Saoilidh mi gu'm b'fheàrrd sinn uile leasan a ghabhail o Chrìosd anns a' cheum so. Co dhiu a tha ann tòrradh no banais is gasda gach ni a bhi air a dheanamh gu grunn òrdughail, le loinn is suas. Ged nach biodh duine ach a' tughadh cruach arbhair, no a' treabhadh talamh coimhleìn, no a' cur cas ann an gràpa, no a' càradh bealaich ann an gàradh, bu chòir da gach ni anns an cuir e làmh a dheanamh gu grunn suasmhor. Sin aon de chomharran na sgoimne.

Cha 'n 'eil mi 'n dùil gu bheil am facal *sgoimn* anns a' Bhìobull, ach mur bheil, tha facail eile ann a tha ciallachadh a cheart ni. Is ann mu'n duine gun sgoimn a tha Solamh a' labhairt an uair a tha e ag ràdh gu'm faca e fion-lios a bha air a ghàrnachadh le cluarain agus feamntagan, agus fosgailte do spréidh nan coimhearsnach, a chiom gu'n do thuit an gàradh agus nach do thogadh e. Ach bluaail Solamh an tarrung air a ceann, agus an àite *duine gun sgoimn* a ràdh thuirt e *duine leasg*. Cha 'n 'eil anns an leisg agus anns a' mhì-sgoimn ach bò mhaol odhar agus bò odhar mhaol. Ma tha thu an dùil, a leughadair, nach e rud peacach a tha anns an leisg, leugh a ris an cosmhalachd a labhair Crìosd mu na daoine a fhuair na tàlannan. Leis an leisg agus a mhì-sgoimn cha do rinn fear dhiubh malairt idir leis an tàlam a fhuair e, ach is e a thuirt a thighearna ris, "*A dhroch sheirbhisich leisg* . . . thugaibh uaithe an tàlam, agus tilgibh an seirbhis each mi-tharbhach so anns an dorchadas iomallach: an sin bitidh gul agus giosgan fhialach." Air a' cheann mu dheireadh is e cion na sgoimne a tha cur dhaoine daonna air seachran o Dhia; tha iad a' leigeil le là an déidh la, is cothrom an déidh cothroim, dol seachad, gun greimeachadh air toirgse an t-soisgeil agus geallaidhean Dhé ann an Iosa Crìosd a mhaic. "Beagan cadail, beagan clò-chadail, beagan pasgaidh nan làmh gu tàmh a ghabhail"—ach m' an dùisg iad tha là nan gràs thairis agus an dorus dùinte.

Ann an leabhar a sgrìobh Rider Haggard mu obair an fhearainn ann an Denmark tha e ag innseadh cho cùramach 's a tha cuid de na tuathanaich a tha a' reic bainne nach téid dad a dholaidh. An uair a tha na niasraichean bainne air am falanhabhadh, tha am beòil air an cur fodhpa ann an àite a ghlacas a h-uile boirene a shileas asda. Ann an aon àite, bha cudthrom dheich is ceithir fichead punnd de bhainne air a shàbhaladh a h-uile latha. Tha gallan bainne mu thimchioll dheich punnd ann an cudthrom, air chor agus gu robh am fear a bha cho cùramach uime a'

faotainn naoi gallain 's an latha a bharrachd air na gheibheadh e, mur cruinnicheadh e an fuigheall a bha anns na measraichean. Theireadh duine gun sgoimn nach b' fliach dha na dileagan a bha air am fàgail anns na soithichean a chruinneachadh, agus leigeadh e leis na coin agus na cait an' imlich, ged a chuireadh e iognadh a chridhe air ciamar a bha an duine eile a' soirbheachadh agus e féin a' dol ann an coinneamh a chùil. Ach is e rudan beaga de'n t-seòrsa so a dh'innseas duit e' àite a bheil an sgoimn agus cion na sgoimne; a ni am mùghadh eadar a bhi buannachd 's a bhi call. Cha bhi còig mionaidean fada a' dol seachad, ach na chailleas duine còig mionaidean d'a ùine a h-uile latha, tha e a' call deich uaire fichead a h-uile bliadhna; agus ma ruigeas e trì fichead 's a deich, caillidh e seachd is ceithir fichead latha. Tha a bheatha air a giorrachadh trì miosan. Tha fhios agad, a leughadair, gur e bliadhna-leum a tha againn am bliadhna. Tha là a bharrachd ann am Februari seach mar is àbhaist, agus inusidh mi dhuit c'ar son. Tha fhios agad gu bheil an saoghal a' dol mu'n cuairt na gréine. Tha an saoghal a' siùbhal troimh fharsuingeachd a' chruthachaidh le luathas a tha a chòig ceud uiread luathas na gaoithe as luaithe a shéid riamh; tha e a' siùbhal mìle de mhiltean agus ceithir fichead mìle anns a' mhionaid. (Ma chuir mi do cheann 'n a bhreislich gabh mo lethsguel.) Ach tha an t-astar a tha aige ri dol mu'n cuir e cuairt air a' ghréin fada, agus tha e a' gabhail trì cheud is trì fichead 's a còig latha, còig uairean, da fhichead mionaid 's a h-ochd, agus bloigh mionaid, ga dheanamh. Sin fìor thionnas na bliadhna, an ùine a ghabhas an saoghal a' cur aon chuairt air a' ghréin. Ach a chionn gu bheil e duilich oibreachadh no cumtas a dheanamh le bideagan beaga tha na bideagan beaga sin (na còig uairean agus an dà fhichead mionaid 's a h-ochd) air an cur seachad gu cùramach agus air an gléidheadh gus an dean iad suas latha slàn. Tha iad a' deanamh sin ann an ceann a h-uile ceithir bliadhna; ann am bliadhna-leum tha an fuigheall a bha air fhàgail bho na bliadhnachan eile air a chruinneachadh; tha na bideagan air an cur còmhla agus tha iad a' deanamh latha. Cha rud suarach sin, oir tha e a' ciallachadh gu'm bi là gràis a bharrachd againn am bliadhna seach mar a bha againn an uiridh; là anns an toir Dia cothrom eile dhuinn air aithreachas a dheanamh, là anns am bi an spiorad agus a' bhean nuadh-phòsda ag radh, "*Thig: g'e b'e neach leis an àill, gabhadh e uisge na beatha gu saor*." Smuainich air a sin, mata, an uair a thig an naoieamh là fichead de Fhebruari; smuainich gu bheil Dia a' labhairt riut le guth sòluimte, agus de fuigheall nam bliadhnachan a dh'ith na locuist gu 'n do rinn e Sàbaid a



bharrachd dhuinn an bliadhna, los nach biodh lethsgheul againn a thairgse anns an t-soisgeul a dhùiltainn. Ged is e Februaire mhòs as giorra anns a' bhliadhna tha còig sàbaidean innte an bliadhna, air chor agus gur e an là a tha bharrachd innte là an Tighearna ann an darireadh, agus ann an seadh no dhà. Tha e daonnan freagarrach do dhaoine tighinn an làthair an Tighearna le sailm, agus laoidhean, agus òrain spioradail, a' seinn agus a' deanamh ciuil 'n an cridhe do 'n Tighearna, ach bidh e freagarrach dhuinn gu sònruichte air a' chòigeamh Sàbaid de 'n mhios so tighinn 'n a làthair, agus an t-salm air ar bilean,

*So féin an là a dh'òrduich Dia,
'S an bhàrda suilbh air a' bhàrda.*

ANNS A' CHATHAIR.

Bho chionn fhada nan cian, an uair a bha an saoghal òg agus a bha diathan is clann daoine na bu dlùithe d'a chèile na tha iad an diugh, phòs Aurora, Keul na maidne, Tithonus, Mac na maise. Gheall Urra Mòr a' Chruinne do Aurora gu'n tugadh e dhith riar a cridhe, agus leis a' ghaol a bha aice air Mac na maise dh' iarr i gu'n tugadh e d'a chèile beatha gun chrìoch. Thug Urra Mòr a' Chruinne sin dha. Ach dhùchaimhlich i òige gun chrìoch iarraidh dha aig a' cheart àm. Chaidh na bliadhnan seachad; thuit sgàil na h-aoise air Mac na maise; chaill e a léirsinn 's a chlaisteachd; chaill s a chàil 's a bhuan; thàinig preasaichean air 'aodann agus critheanaich 'n a bhodhig, ach fhathast dh' fhan e beò. Bha a bheatha 'n a h-uallach dha agus dheanadh e fiughair ris a' bhàs, ach an bàs cha tigeadh, oir thugadh dha an rud a dh' iarr Aurora air a shon, beatha gun chrìoch. Ma dheireadh thall bha e 'n a dhìol-déire cho truagh, agus nach bu mhò e na leanabh, 's gu'n do ghabh an t-Urra Mòr truas dhet, agus thionndaidh e e o bhì 'n a dhùine gu bhì 'n a fhionnan-feòir.

Sin an t-seann naigheachd mar a dh' ionnsaich mise i an uair a bha mi anns an sgoil, agus tha e furasda gu leòir a thuigsinn ciod a tha i a' ciallachadh. An uair a chailleas duine a chàil do'n t-saoghal, agus a luidheas sgiths air fheòil, cha bheamachd da sineadh làithean fhaotainn. Agus an measg gach mì caomhail eile a tha Dia a' deanamh air son a chloinne cha 'n 'eil rud air bith as caomhaile na so, gu bheil e 'g an gainn dhachaidh an uair a tha iad deas gu falbh.

Tha an aois a' luidhe air cuid de dhaoine na's tràithe na tha i a' luidhe air feadhainn eile. Tha an lighiche glie sin, Oliver Wendell Holmes, ag ràdh gur e dian-dhealas do aobhar air chor-eigin, no ùigh làidir ann an nì air chor-eigin, a chumas òg daoine. Cha robh ann féin ach am balach 'n

a cheithir fichead. "Tha mi," ars' esau, gu h-àbhacach, "tri is ceithir fichead a dh' òige an diugh." Air an làmh eile bha am bàrd ainneil Byron 'n a sheann duine aig deich bliadhna fichead. Ach cha robh esau ag òl as na tobraichean ceart; bha e gun Dia, gun dòchas, a' deanamh toil na feòla. Faodaidh inntinn òg a bhì aig duine ged a tha an aois 'n a chnàmhan; faodaidh an t-athair nach urrainn ruith no leum a dheanamh le cudthrom nam bliadhnan a bhì na's òige na mhac a leumas àirde féin o'n talamh.

C'ar son a tha daoine a' fàs sean idir? Siu ceist a tha na's fhasa a chur na fhuasgladh. Leugh mi pàirt de na tha na dotairean ag ràdh air a' chuspair sin, ach cha 'n urrainn mi a ràdh gu'n d' fhuair mi a bheag de sholus nach robh againn roimhe. Saoilidh mi gur leòir e a ràdh, gu bheil daoine a' fàs sean a chionn gu bheil an eanchainn agus an cridhe agus an grùthan agus an àrmean a' cosg agus a' fàs lag leis an obair a tha aca r'a dheanamh. Their na dotairean rium nach 'eil ann an sin ach cainnt pàisde, agus tòisichidh iad fhéin air bruidhinn mu'n phuinnseanachadh a tha dol air aghaidh an taobh a stigh dhinn gun sgar. Ach nach coma ciamar a tha an aois a' tighinn; tha i tighinn co dhiu, agus cha chum na dotairean air a h-ais i; ged is fhada o thòisich iad air stuth air chor-eigin iarraidh gus mac an duine a chumail daonnan òg cha d' fhuair iad fhathast e. Tha Tir na h-òige far an robh e riamh, fada fada 's a' Chuan Shiar. Bha lighiche Russianach an beachd gu'n d' fhuair e dòigh air an òige a chumail agus an aois a bhacadh; òladh daoine bainne-goirt air a mbeasgadh le stuth air chor-eigin á mionach coin. Ach bhiodh an barrachd creidimh againn ann an cungaidd an fhir ealain ud na'n do ràinig e fhein aois Abraham no eadhon aois Mhaois; chaochail e agus gun e ach aon bhliadhna os cionn tri fichead 's a deich. Co an duine le bainne-goirt òl, is urrainn aon bhliadhna a chur r'a bheatha?

Tha còir aig daoine curam maith a ghabhail d' am bodhig los gu'n mair i cho fhad 's a dh' fhaodas. Ma thilgeas a' ghaoth sgiat no tuga bhàrr mullach an tighe cuirear sin ceart gu luath, agus cuirear an sgiat far an robh i; bheir sinn air ar brògan agus air ar n-aodach mairsinn cho fhad 's a ghabhas e deanamh; nach bu chòir duinn, mata, an cothrom ceudna a thoirt d' ar seana chnàmhan? Thuirt lighiche tugaideach air chor-eigin nach 'eil duine 's an fhichead a' bàsachadh; tha iad 'g an marbhadh féin. Gun a bhì bruidhinn idir air ruidhtearachd is òl, tha daoine a tha an dùil gu bheil iad stuana 'g an marbhadh féin le bhì ag itheadh 's ag òl tuilleadh 's a chòir. Chaidh marsanta de mhuinntir Ghlaschú a dh' iarraidh combairle air dotair mòr a bha ann an Duneideann, Seumas

Gregory. Dh'fheòraich an lighiche ciod a bha ceàrr no ciod a bha e faireachduinn. "Bidh laigse a' tighinn orm an déidh mo bhìdh," ars' am marsanta, "agus tuainealaich ann am cheann, agus pian 'n am stamaig."

"A bheil thu 'n ad dhuine stuama?" ars' an lighiche.

"Tha," ars' am marsanta, "faodaidh mi innseadh dhuibh gu bheil mi 'n am fhoirbheach anns an eaglais."

Thuir an lighiche (gu beag ris fhéin) gu'm bu mhaith leis combarradh a b'fheàrr na sin faotainn air a stuamachd, ach is e a thuir e ris a' mharsanta. "C'uin a tha thu a' gabhail do bhraiceas agus gu dé a bhios agad am bitheantas?"

"Tha mo bhraiceas agam daonna aig naoi uairean, ach mar is tric cha mhòr is urrainn mi a ghabhail; dha no trì clupain chloffe, da uhl is crioman ham no caob de bhradan, agus leth builinn arain is im leis."

"Seadh," ars' an lighiche, "agus gu dé a bhios agad air do dhinnear?"

"Cha bli," ars' am marsanta, "ach truinns-eas canbhruich, iasg, is feòil air a bruich no ròiste, buntata, agus aran is càise 'n a dhéidh."

"Am bi thu a' gabhail leanna no portair leis a' chàise?"

"Bithidh," ars' am marsanta, "agus gloinne uisge-bheatha an déidh mo dhinneir; tha e a' cuideachadh leam mo bhìadh a cinnadh."

"Am bi thu ag òl fiona leis na ceud chùrsachan aig do dhinnear?"

"Bithidh," ach a thaobh 's gur fheàrr leam leann cha bhi mi ag òl ach fiòr bheagan fìona."

"Cia meud gloine?" ars' an lighiche.

"Ceithir no còig," ars' am marsanta, "cho beag 's nach fhiach e bli bruidhinn uime."

"An déidh dinnear cho aotram sin," ars' an lighiche, "theagamh nach bi thu a' gabhail tea idir."

"Ud, ud, bithidh," ars' am marsanta.

"Agus am bi thu a' gabhail suipear anns an oidhche?"

"Mata," ars' am marsanta, faodaidh mi a ràdh nach bi; dìreach greim beag m'an téid mi a luidhe, adag bheag, no sgadan, no càise ròiste—rud-eigin mar sin le botul leanna, ach cha bhi suipear agam idir.

"An e sin uile e?" ars' an lighiche.

"Theagamh," ars' am marsanta, "gu'n gabh mi gloine maith toddi; tha iad ag ràdh gu bheil e maith air son cadail."

Ciod air bith a thuir Seumas Gregory ris a' mharsanta ghabh am marsanta an fhearg, agus thuir e ris an lighiche nach do chuir duine riamh neo-stuamachd as a leth ach e fhéin. "Mur do chuir," ars' an lighiche, "cha b' e nach do thoil thu e."

Cha ghabhadh e sgillinn bhuaith. "oir," ars'

esau, "cha d'innis mi dad dhuit ach rud is maith a tha fhios agad fhéin air. Ma bhios tu a' leughadh do Bhiobuill chi thu anns an leabhar sin gu bheil geòcaireachd is droingaireachd, an dà chuid, peacach agus cumartaich; agus cha 'n 'eil dad ceàrr air do stamaig ach rud a tha thu fhéin a' deanamh oirre."

Tha cuid de luchd-ealain ag ràdh gur e beatha nàdurra mhic an duine ceud bliadhna, no còig is còig fichead. Tha iad a' deanamh a mach gu bheil na creutairean eile as coltaiche ris a' marsainn beò a chòig uiread ùine 's a tha iad a' gabhail gu tighinn gu làn ìre. Agus a thaobh gu bheil mac an duine fichead no bliadhna air fhichead ma bheil e aig làn fhàs, tha sin a' toirt da còrr is ceud bliadhna mar àireamh a làithean. Tha an aois sin na 's motha na'n aois a thug an salmadair do mhac an duine. Ach a réir choslais tha daoine a' faotainn aois an diugh nach robh iad a' faotainn ann an làithean an t-salmadair, agus tha sinn an dùil gu'm faigh iad fhathast aois nach 'eil iad a' faotainn an diugh. Bu chòir gu'm faighheadh; oir ann an umhlachd do laghannan màduir gheibhear slàinte cho mhaith ri sonas. Agus tha daoine an diugh a' tuigsinn laghannan nàdur na's fheàrr na thuig iad iad riamh roimhe, a' tuigsinn nan cùmh-nantan air am faigh iad an òige cuirp is inntinn a tha iad ag iarraidh. Chuir na dotairean ruaig air a' bhric agus air na fiabhruis eile a bha a' giorrachadh beatha dhaoine, agus le eòlas is gloine tha dhà no trì bhliadhnachan air a chur ri làithean mhic an duine. O chionn leth-cheud bliadhna bha ceithir duine fichead as a mhìle a' bàsachadh ann an Lunnainn anns a' bhliadhna, ach an diugh cha 'n 'eil ann ach ceithir deug as a' mhìle.

Ann an seachas mu aois cha bhiodh e ceart gun iomradh a dheanamh air Tomas Parr, an duine as sinne a bha ann an Breatann rianul. Rugadh e ann an Sasunn ann an 1483. Cha do phòs e gus an robh e ceithir fichead; an uair a bha iad còmhla dà bhliadhna dheug air fhichead, shiubhail a bhean. Dh'fhan e oclid bliadhna 'n a bhantraich, agus an sin phòs e a ris, agus e sia fichead. Chaochail e ann an 1635, an uair a bha e os cionn seachd fichead 's a dhà dheug. Ged a bha e sean m'an do thog e a shùil ris na mnathan cha robh ann ach an ramailear 'n a sheann aois, agus b' fheudar da dol air stòl an aithreachais anns an eaglais, an uair a bha e còig bliadhna thairis air ceud. Ach tha e coltach nach robh nàire air bith air. Uair a bha e air a thoirt air beulaobh an rìgh thuir an rìgh ris (Tealach I.), "Fhuair thu saoghal nach d'fhuair duine ann am rioghachd, ciod a nis a rinn thu seach daoine eile?" "Bha mi air stòl an aithreachais," arsa Parr, "an uair a bha mi ceud."

(R'a leantuinn.)



CAIRDEAN IOSA.

Is sibhse mo chàirdean-sa.—Eoin XV., 14.

An uair a chaochail an rìgh nach maireann, rìgh Eideard, bha sreath de dhealbhan am an cuid de na paipearan-naigheachd, agus fo na dealbhan sin bha na faclair, *Càirdean an rìgh*. B'e na daoine ud a bha aige 'n an companaich, agus faodar a bhli cinnteach gu robh iadsan mòr asda féin a chiomn gu'n do chuir an rìgh an t-urran sin orra; cho mòr asda féin ri Sabud mac Naitiu a bha 'n a charaid aig Solamh.

Cha 'n 'eil teagamh nach d' thug e toiliuntinn mhòr do na deisciobuil an uair a thuir Iosa riu. "Is sibhse mo chàirdean-sa," oir b' ion daibh moit a bhli orra. Cha fhreagradh e dhaibhsan a ràdh gu'm b'e Iosa an caraaid-san, agus cha mhò a thubhairt iad sin, no a rinn iad bòilich as an dàimh ams an robh iad do Iosa. Ciod air bith na fàilteagan eile a dh' fhaodadh a bhli anns na h-abstoil cha robh an fhàilte annta dol ro dhàna air Iosa. Ged a bha iad cho eòlach air, agus ged a bha caidreamh cho dlùth eatorra, cha do dhichuimhnich iad riamh an t-urran a bha dlìgheach a thoirt da. Bha cuid de na h-abstoil càirdeach dha a thaobh na feòla; bha Seumas agus Iudas air an togail ams an aon teaghlach maille ris, ag itheadh aig an aon bhòrd ris agus a' cadal, theagamh, anns an aon leabaidh ris; bha iad 'n an càirdean dha ann an dà dhòigh, le ceangal na fala agus le bann na deisciobuileachd, ach ma bha, an uair a thòisich iad air litrichean a sgrìobhadh a chum na h-eaglais cha d' thuir iad aon fhacal uire sin; sgrìobh iad mar *sheirbhisich* an Tighearn Iosa. "Tha Seumas seirbhiseach Dhé, agus an Tighearn Iosa Crìosd, a' cur beannachd chum an dà threubh dheug a tha air an sgapadh o chéile." Ach ged nach do ghabh na deisciobuil orra féin dol ro dhàna air an Maighstir agus an Tighearna, cha 'n 'eil teagamh air bith nach do leum an cridhe le moit is gàirdeachas an uair a thubhairt e féin an rud nach freagradh e dhaibh-san a ràdh, "Is sibhse mo chàirdean-sa."

Uair eile thuir e riu, "Tha sibh ag ràdh, Maighstir, agus Tighearna, riumsa; agus tha sibh ag ràdh gu maith; oir is mi sin"; ach a nis tha e ag ràdh gu bheil dàimh eile agus dàimh as blàithe na sin eadar e féin is iadsan, dàimh a' chàirdeis agus a' ghràidh. Bha e air bheil an saoghal fhàgail; bha e dol a chur a mach nan abstol gus an saoghal a chosnadh dha, agus a' fàgail rìoghachd Dhé air thalamh

air an cùram; ach m'au do chuir e a mach iad ghabh e an cotlrom air innseadh dhaibh gu robh e 'g an cur a mach, cha 'n ann mar sheirbhisich a m'hàin ach mar chàirdean. B'e sin an dòigh a ghabh e air innseadh dhaibh gu robh làn earbsa aig annta; earbsa 'n an dilseachd agus 'n an dìchioll.

Bho thaobh Crìosd tha an càirdeas so a' ciallachadh gu'n toir e solus d'a shluagh; gu'n deam e 'inntinn agus a rùintean soilleir daibh, agus gu'n toir e dhaibh eòlas nan nithean sin a tha e feumail daibh eòlas a bhli aca. "Ghairn mi càirdean dibh; oir na h-uile nithean a' chuala mi o'm Atbair, rinn mi aithneichte dhuibhsa iad." Ma bu mhaith leat fhaotainn a mach, ma'ta, an bheil thusa am measg càirdean Crìosd, ceasnaich thu féin ach an bheil thu a' faotainn an t-soilleireachaidh so a thaobh nan nithean a bhuineas do rìoghachd Dhe agus do'n t-saoghal neo-fhaicsinneach. Ma tha thu an diugh far an robh thu fichead bliadhna roimhe so, gun dol aon cheum air t' aghaidh ann an eòlas, no ann an creideamh, no ann an gliocas, is ion duit eagal a bhli ort nach 'eil thu 'g ad chumail féin ann an co-chomunn Crìosd. Bho ar thaobh-ne tha an càirdeas so a' ciallachadh gu'n feum sinn ùmhlachd a thoirt d'ar Slànùighear. Sin an cùmhnanta air an aoidh e sin mar a chàirdean, "Is sibhse mo chàirdean-sa ma ni sibh na nithean a tha mi ag àitmeadh dhuibh." Tha Crìosd ag iarraidh dà ni shònruichte o shluagh, gràdh is ùmhlachd; agus as eugnais nan nithean sin cha bhli e riarachichte, eadhon ged a dheanadh iad an teanga tan'a a' moladh ainme ams na sràidean. Cha 'n urrainn duine dearbhachd no comhlhurtachd a bhli aige a thaobh a sheasaimh an làthair Dhe, mur bheil a chasan agus a làmhnan luath gu toil Dhé a dheanamh. "Rinn mi cabhag," ars' an salmadair, "chum t'aitheantan a choinheadh."

Tha m'ghadh mòr eadar seirbhiseach agus caraaid. Faodaidh e bhith nach 'eil anns an t-seirbhiseach ach *innal* am an làimh a Mhaighstir. Ni e an car a gheibh e r'a dheanamh, agus oibrichidh e na h-uairean, ach cha 'n 'eil caidreamh no companas eadar e féin 's a Mhaighstir; cha 'n fhosgail a Mhaighstir 'inntinn dha agus cha mhò a chuireas e a choghaire ris. Cha 'n e sin an dàimh fhuar a bu mhaith le Iosa a bhli eadar e féin 's a dheisciobuil; gheall e gu'n fosgladh e 'inntinn daibh agus bu mhaith leis gu'n tuigeadh iad a rùintean. Ams a' chogadh mu dheireadh chaidh cùisean ceàrr iomadh uair a chiomn nach

do rinn na commandairean soilleir do na saighdearan agus do na h-oifigich òga ciod a bhia aca r'a dheanadh. Bha eagal orra daonnan gu'm faodadh Achan air choreigin a bhia anns a' champ; eagal gu'm faigheadh an namhaid a mach ciod a bha 'n ann beachd, agus mar sin, bhatar a' toiseachadh air tapaid agus gun fhios ach aig còig no sé de na commandairean mòra gu dé a bha 's an amhare. Ach fhuaras a mach air ar cosdus nach robh e glic saighdearan is oifigich fhàgail anns an dorcha mar sin, agus gu'm b' fheàrr a thapaideadh iad an uair a dh' fhosgladh na commandairean an 'inntinn daibh agus a dheanadh iad soilleir an rùintean. Cha do cheil Crìosd a rùintean air na deisciobuil; an àite sin a dheanamh chleachd e gach innleachd a ghabhadh chleachdadh gus dìonhaireachdan na rìoghachd fhosgladh daibh, agus bu mhaith leis gu'a tuigeadh iad uile na nithean a bha aige 's an amhare. Tha dà sheòrsa ùmhlachd ann a dh' fhaodar a thoirt do Dhia, ùmhlachd mharbh is ùmhlachd bheò. Tha na rionnagan a' toirt ùmhlachd da, oir tha iad a' leantuinn an cùrsa anns na spèuran gun dol leud na roinneig a null no nall. Ach ma tha, cha 'n 'eil ann an ùmhlachd nan rionnagan ach ùmhlachd mharbh, oir cha 'n urrainn iad an còrr a dheanamh. Ach tha e ann an comas milie an duine roghainn a dheanamh co dhiu a bheir e ùmhlachd do Dhia no nach toir, air chor agus ma roghnaichneas e lagh Dhe a choinhead, gu bheil e 'g a dheanamh le saorsa a thoile, agus mar sin gu bheil 'ùmhlachd beò. Sin an ùmhlachd is toigh le Crìosd, ùmhlachd bheò o dhaoine saor; o dhaoine air nach 'eil cuing air bith ach cuing a' chàirdeis agus a' ghràidh.

O bheatha nan abstol agus o bheatha mhiltean anns an là diugh tha e furasda gu leòir fhàicinn gu bheil cumbachd is éifeachd ann an càrdeas Crìosd nach 'eil ann an càrdeas eile air an t-saoghal. Ann an làithean fheòla dh' aithnich eadhon an naimhdean air cuid de na h-abstoil *gu robh iad maille ri Iosa*. Gabhaidh sin aithneachadh air daoine an diugh cuideachd. Tha e a' deanamh nan uile nithean nuadh anns na cridheachan a ghabhas ris, agus a' cruth-atharrachadh nan daoine a ghluaisas maille ris. Tha e a' deanamh maiseach is glòrnhor gach ni no neach ris am bean e. Eadhon ged nach beanadh duine ach ri iomall 'fhalluinn gheibh e beannachd air chor-eigin an cois a thighinn dlùth dha. Tha cuid de dhaoine ann agus millidh an càrdeas ar beusan agus ar beatha, ma ni sinn càrdean dhiubh. Anns gach comunn anns am bi iad, tha iad mar a' ghaoth fhuar reòta a chrìonas feur is feohann; is misd thu àileadh an analach fhaotainn. Ach tha daoine eile ann a tha mar bhlàths caomhail na gréine no mar ghaoth

blog an earraich a bheir fàs is toradh; is fheàrrd thu a bhì 'n an comunn eadhon còig mìonaidean, oir bheir iad dhuit càil ùr air son nan nithean a tha fìor-gblan is ionmhalta. Sin, mata, a' bhuaidh a tha aig Crìosd thairis air a' chàirdean. Dùisgidh e anna gaol nan nithean air a bheil gaol aige féin.

Ma tha e ceart duinn caraid maith a thaghadh tha e ceart duinn cuideachd, càirdean dona a sheachnadh. Tha mòran de dhaoine òga a' gabhail a' cheud cheum ann an slighean ain-diadhlaidh a chionn nach do thagh iad an companaich gu cùramach. Nach mòr an t-aobhar eagal a tha ann do phàrantan an uair a chi iad an mac, no gu sònruichte an nighean, a' deanamh companach de leithid Absalom. Ged a bha Absalom maiseach 'n a phearsa cha robh ann ach diù nan gillean. B' fhada bhò chéile e féin, agus 'athair. Ged a bha fàilingean mòra agus uamhasach ann an Daibhidh, bha cridhe ann, is gràdh; chuireadh e e féin mu'n cuairt air son dhaoine eile agus bha e 'n a charaid dileas is blàth. Bha Daibhidh 'n a dhuine bàigheil; an càrdeas a bha eadar e féin agus Ionatan chaidh e os cionn gaol bhau. Ach cha robh bàigh no blàths ann an cridhe Absolom; bha a chridhe cho fuar 's a bha e cho dubh; chuir e a chompanaich uile air seachran cho mhaith ris féin. Tha facal an Tighearn ag ràdh, gu'n scriosar companach nan amadan, agus esan ata 'n a chompanach do luchd-craois, gu'n nàraich e 'athair. Nach sona, mata, na pàrantan a chi an clann a' deanamh mar a rinn an salmadair; "is fear-comuinn mi," ars' esan, "dhaibhsan uile air am bi t' eagal, agus dhaibhsan a ghlaidheas do reachdan."

An uair a bhios sinn a' suuaineachadh air Iosa mar ar caraid agus ar bràthair cuimh-nicheamaid cuideachd air na càrdean dlùth is dileas a bha aige ann an làithean fheòla, agus guidheamaid air Dia gu'n deanadh e sinne coltach ri uile a' ghaol a bha aca air Iosa; gu'n deanadh e coltach sinn ri Eoin a' Bhaistidh, a bha coma ged a bhiodh e féin air isleachadh na'm biodh Crìosd air àrdachadh; coltach ri Tomas a bha toileach dol maille ris gu bàs, agus coltach ri Eoin agus Muire, an dithis a fhuair cho dlùth dha, mar dhuais an gaoil air. Tha iad ag ràdh gu bheil an gaol dall, ach an àite sin a bhì fìor, is e an fhìrinn gu bheil mìle sùil aig a' ghaol. B'e na càrdean a bu ulotha gaol air Iosa a bu mhò a chunnaic d'a ghlòir. Bha Eoin air thoiseach air daoine eile ann an diomhaireachd na diadhlaidheachd a thuigsinn, a chionn gu robh e air thoiseach orra ann an gràdh. Is maith an glòin-amhaire an gràdh gus nithean spioradail fhàicinn.

Ged nach b' aithne do Phol Iosa ann an làithean fheòla bha e 'na charaid cho dileas 's a

bha riannh aige. Agus air an làmh eile dl' fhiosraich Pòl 'n a anam féin càirdeas fosa a cheart cho fìor 's a b' aithne do Pheadar a chompanas ann an Galile, rud a tha dearbhadh dhuim nach robh cothrom no sochair air bith aig na ceud dheisciobuil a thaobh càirdeas an t-Slànuigheir nach fhaod a bhì againne. Faodaidh Crìosd a bhì *annainn*, agus sinne *annsan*, faodaidh ceangal' cho dlùth a bhì eadarainn agus esau 's gur h-urraim duim a ràdh, "Tha mi air mo cheusadh maille ri Crìosd, gidheadh ata mi beò; ach cha mhise, ach Crìosd a ta beò annam; agus a' bheatha ata mi nis a' caitheamh 's an fheòil, tha mi 'g a caitheamh tre chreideamh Mhic Dhé, a ghràdhach mi agus a thug e féin air mo shon."

Is sibhse mo chàirdean-sa. Nach b'è sin an t-urram, 'ga chuir air daoine peacach! Ach is e sinior na fìrinn a tha ann, ràdh fìor a tha airidh air gabhail ris; oir tha e air a dhaing-eachadh le facal an Tighearna, agus cha duine Dia gu'n dean e breug. Ciod a' ghné ghràidh a thug an t-Athair dhuinne gu'n goirtheadh càirdean a mhic dhuinn! Bu nei-nì truagh mar dhìol do'n ghràdh so, ar n-anam agus ar beatha a thabhairt da mar bheò-iobairt.

Tha Fear caomh ann thar nan uile;

O, meud a ghràidh!

Thar gràdh bràth'r tha ghràdh-san duinne;

O, meud a ghràidh!

Faodaidh càch fàs unainn suarach,

Tlàth an diugh 's am maireach gruamach;

Ansan gheibh sinn gaol nach fuaraich;

O, meud a ghràidh!

Iosa! caraid nan naomh agus caraid nam peacach—nì a chompanas rathad fada, goirid, is rathad duilich réidh, agus a h-uile rathad suaimhneach gun sgèith.

ANNS A' CHATHAIR.

Amis an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn air an aois, ach b' fheudar dhomh sgrur m' an d' fhuair mi rud no dhà a bha 'n am inntinn a ràdh. Agus bu mhaith leam a nis mo sheanchas a chrìochmachadh.

Tha e air a ràdh gu bheil na naoimh ann an nèamh daonnan òg, ach co dhiu a tha sin fìor no nach 'eil tha e fìor gu bheil Dia ann an Crìosd daonnan òg. Cha luidh aois air, oir is e 'ainm, Rèul na maidne. A' bheatha a tha ann an Crìosd is beatha i air nach luidh aois, beatha mhaireannach is beatha àghmhor. Ma tha a' bheatha sin annainne; ma tha ar beatha folaichte maille ri Crìosd ann an Dia bidh ar n-òige air a h-ath-nuadhachadh mar òige an h-iolaire, agus ged a luidheas an aois air an duine o'n leth-muigh gidheadh bidh an duine o'n leth-stigh air 'ath-nuadhachadh o là gu là.

Mar is motha a shocrucias duine a chridhe air

na nithean ata siorruidh is ann is motha a gheibh e annta de chàil agus de dhòchas agus de ioghmadh agus de ùrachadh spioraid, ach mar is motha a shocrucias duine a chridhe air an t-saoghal agus air toilinntinnean na feòla is ann is lugha a gheibh e de riarachadh no de shòlas asda. An uair a ruigeas sluagh an Tighearna trì fichead bliadhna tha beatha na diadhaidh-eachd cho milis blasda dhaibh 's a bha i a' cheud là a fhuair iad tiòdlac Dhe, ach an uair a ruigeas sluagh an t-saoghail trì fichead tha sòlasan na feòla gun mhilse gun bhlas daibh, mar Inaithre 'n am bilean. Ciod a tha sin a' ciallachadh ach gu bheil Dia a' feuchainn ri tart a chur 'n ar n-anam an geall air féin? Agus an nair a tha an ionndrainn bheò sin ams an anam, ionndrainn a bhios air a riarachadh gun a bhì air a sàsachadh—sin a tha deanamh spiorad mhic an duine òg.

Tha cuimhne agam seann duine fhaicinn 'ga bhlàiteachadh féin aig an teine, a' suathadh a làmhlan agus a' bruidhinn ris féin mar so,

Is maith an teine,

Is maith am blàth,

Is maith a h-uile rud ach am bàs

Ach 's maith am bàs 'n a àm féin.

Theagamh nach bu mhaith leis a' mhòr-chuideachd de dhaoine beatha shiorruidh fhaotainn air an talamh so, eadhon ged a' gheibheadh iad òige shiorruidh mar an ceudna, ach gun an òige agus spiorad na h-òige cha bliodh am am beatha fhada, gun a bhì bruidhinn idir air beatha gun chrìoch, ach dìomhanas is doilgheas. An uair a tha preas-aichean na h-aoise a' luidhe air spiorad mhic an duine, is e an rud as fheàrr is urrainn tacl-airt da, a shiubhal fhaotainn ann an sìth.

Am bheil clach mhòle air bith ann am beatha duine, no bliadhna shònruichte m' am faodar a ràdh, gur e so a' chlach-chrìche eadar an aois agus an òige? Thuirt R. L. Stevenson gur e còig bliadhna fichead ceann-deiridh na h-òige, ach cha ruigear a leas esan a ghabhail ann an da-rìreadh, oir bhiodh e ag ràdh iomadh rud ris nach b' urrainn e seasamh an déidh làimhe, agus bha spiorad na h-òige agus aotramas a' bhalaich 'n a chridhe féin gus an là a dh' fhàg e an saoghal. Ach cha robh e ach ceithir is dà fhichead an uair a' shiubhail e. Thuirt lighiche ainneil uair-eigin gu'm fàs daoine glic na's glice an uair a theid iad thairis air deich bliadhna fichead, ach gur h-annamh a dh' fhàsas daoine gòrach glic an uair a theid iad seachad air an aois sin. Tha e coltach gu robh an lighiche ud an dùil gu bheil deich bliadhna fichead 'n a gharadh-crìche ann am beatha dhaoine. B'è sin an aois aig an robh na Lebhithich a' tòiseachadh air frithealadh do Dhia, agus dh' fheumadh iad sgrur an uair a ruigeadh iad leth-cheud bliadhna. B'è sin an

aois a bha Crìosd an uair a thòisich e air òigh-achd Dhé a chur air chois, agus air searmonachadh. Sgrìobh lighiche ainmeil eile, Sir Uilleam Broadbent, gu caraíd mar so, "Is e an diugh co-ainm mo là-breith. Tha mi dà fhichead; cha ghabh e a cheiltinn tuilleadh gu 'n do chaochail maduinn m'òige agus gu bheil a' chuid as fheàrr de m' bheatha seachad. An uair a ruigeas duine dà fhichead cha ruig e a leas tòiseachadh air obair ùr as fhaic." Nach ruig! cha 'n e mhàin gu bheil iomadh duine a' tòiseachadh air obair is ionnsachadh ùr an deidh dhaibh a bhi dà fhichead, ach tha iad 'g a crìochmachadh, a' cliathadh a' ghruinnid a threabh iad. Aig leth-cheud cha do thòisich Gladstone air obair mhòr a bheatha. An uair a bha an duine àbhaich a sgrìobh, "Alais ann an Tìr nan Ioghnaidhean," dà fhichead 's a h-aon deug thuirt e nach robh e 'g a fhaireachdainn féin na bu shìme na bliadhna air fhichead. Sgrìobh Tomas Huxley gu caraíd, "Tha mi a nis trì bliadhna os cionn leth-cheud, ach ciod a tha an sin ach an fliùr òige. Cha robh mo chorp riamh cho mhaith 's a tha e, agus o chionn bliadhna chuir mi tuilleadh oibre as mo dhéidh na rinn mi riamh roimhe. Cha 'n 'eil thusa ach dà fhichead fhathast; ciod a tha annad, mata, ach am balach; tha an saoghal air thòiseach ort."

Glé bhlihteanta tha na bàird a' bàsachadh òg. Ciod is eiall da so cha 'n urrainn mi a ràdh, mur h-e, gur toigh le Dia na bàird agus gu bheil e 'g an toirt dhachaidh roimh chàch. Bha seann fhacal ann ag ràdh, "Iadsan is ionnluin leis na diathan sìbhlaidh iad òg." Air an làmh eile tha luchd-lagha glé bhlihteanta a' faotainn saoghal fada, agus theagamh gu'n abair droch dhaoine nach 'eil ann an sin ach an taobh eile de'n fhacal ud. Bha am Morair dearg Eldon ceithir fichead 's a sia an uair a shiubhail e; am Morair Brougham ceithir fichead 's a deich; am Morair Lyndhurst ceithir fichead 's a dhà dheug. An oidhche a bha e ceithir fichead 's a deich thug Lyndhurst seachad òraid chomasach ann an tigh nam Morairean; bha a mheomhair cho mhaith 's a bha i riamh. Tha fhios aig an t-saoghal gu bheil am balach beag-mòr ud, Morair Halsbury, beò fhathast agus gu bheil e a' streap ris a' cheud. Ann an làithean an t-seann Tiomnaidh is ann do'n fhìrean a bha beatha fhada air a gealltainn, ach thogadh e connsachadh am measg ar luchd-leughaidh na'n cuireamaid a' cheist orra, "An e fireanan a tha anns an luchd-lagha." Mar sin, leigidh sinn leò.

Bha na seann daoine a' cumntas trì fichead 's a trì 'n a àm cunnartach ann am beatha duine. Tha e air a ràdh gu bheil bodhig mhic an duine ag atharrachadh a h-uile seachd bliadhna, agus gur e an naoiean uair àm cunnartach; gu'm

mill no gu'm maitheach an t-atharrachadh sin an corp gu buileach. Co dhiu a tha sin fìor no nach 'eil thàinig am bàs air mòran do dhaoine ainmeil 'n an trì is trì fichead; sin an aois a bha na diadhnairean mòra, Tertullian, Luther, agus Melancthon an uair a shiubhail iad.

Ann am feasgar ar làithean tha na bliadh-nachan a' dol seachad na's luaithe na chaidh iad seachad ann am maduinn ait na h-òige. Tha iad mar chloich a' dol le gleann. Ged nach 'eil mise fathast 'n am bhodach tha Nollaig is Caisg a' tighinn orm na's cabhag-aiche na b' àbhaist daibh. Bha uair ann a bha fichead mìos eadar co-ainm mo là-breith an uiridh agus am bliadhna, ach an diugh cha 'n 'eil ann ach sia. Tha na mìosachan cho luath ri gaoth luath a' Mhàirt. Gu'n teagaisgeadh spiorad glic an Tighearna dhomhsa agus dhuit féin, a leughadair, ar n-uine a chur gu buil mhaith agus a bhi cùramach mu na làithean a tha dol seachad cho luath, los nach téid iad a dholaidh.

An uair a tha facal an Tighearn ag ràdh riut, gur e nis an t-àm a bhi réidh ri Dia, gur e nis an t-àm taitneach agus là na slàinte, na h-abair thusa gu bheil uine gu leòir agad smuaineachadh air na nithean sin, a chionn gu bheil là a bharrachd agad am bliadhna—bliadhna-leum. Tha sin fìor, ach cha chòir duit-sa caoimhneas is fad-fhulangas Dhé a thionndadh 'n a' aghaidh, no dàil a chur ann an gabhail ri tairgse an t-soisgeil, a chionn gu bheil esan a' sìneadh là a ghràis. Na h-abair gu'm dean e-feum am màireach, oir an là ris an abair thusa am màireach, is e a their Dia ris là a' bhrosnuchaidh.

COMHAIRLEAN.

1. Na cosg do thuarasdal m'an coisinn thu e.
2. Na ceannaich rud nach 'eil a dhùth ort ged gheibheadh tu e ion 's an nasgaidh.
3. Na cuir dragh air daoine eile ma théid agad air rud a dheanamh thu féin.
4. Na biodh nàire ort a bhi crionna caomhanta.
5. Na biodh iomgain ort mu dhriodfhortain nach do thachair dhuit flatlast. Theagamh nach tachair iad idir.
6. Leum an gàradh far an ìsle e. Is bochd do dhuine a luirgmean a bhriseadh leis an rò-spailp.
7. Cha 'n uallach cosdadh a dheanamh ri caraíd.
8. Cha 'n aobhar aithreachais freagradh mìn a thoirt do dhuine feagach.
9. Na's tuathanach thu, na toir biadh idir do dhroch bheathach agus na caomhain biadh air beathach maith.





ANN AN GLEANN A' BHREITHEANAIS.

Lucas IX. 57-62.

Ann an naoidheamh caibideil de shoisgeul Lucas tha sinn a' leughadh mu thrìuir dhaoine a bha dlùth do rìoghachd Dhé ach a theab an anam a chall, dithis dhiabh le bhì ann an iom-chomhairle, agus am fear eile le bhì fada 'n a bheachd féin.

B' fheàrr le Crìosd a dheisciobuil a bhì de 'n t-seòrsa cheart na iad a bhì liòmhor. Bha fhìos aige gu'n dean àireamh bheag de dhaoine dìleas is dùrachdach barrachd oibre agus obair is fheàrr na àireamh mhòr de dhaoine nach 'eil an cridhe innte. Anns a' chùis so tha beachdan Crìosd agus beachdan an t-saoghail calg dhìreach an aghaidh a chéile. Co dhìu a tha ann rola comanachaidh no rola cananachd tha daoine buailteach de bhì saòilsinn gur fheàrrid an gnothuch mòran ainmean a bhì air; co dhìu a tha ann obair an t-soisgeil no obair Pàrlamaid, thatar an dùil gur e àireamh mhòr de dheisciobuil a bhuidhneas an latha. Cha robh Crìosd de'n bheachd sin, agus cha'n'èil faeal anns an Tiomnadh Nuadh a' toirt gnùise dha. Air uairean chaidh e mar gu'n rachadh e as an rathad gus daoine a thionndadh air falbh bluaith féin, agus cha mhò a thug e sòlas air bith dha no togail-cridhe an sluagh fhaicinn aig amannan sònruichte 'g a leantuin 'n an miltean. Bha fhìos aige nach b'urrainn e cuantas air an dilseachd agus nach robh iad 'g a leantuin ach air sgàth an fhasain ùir.

Co is urrainn a ràdh gu h-onarach gu bheil àireamh mhòr de na h-ainmean a tha air rolaichean comanachaidh anns a h-uile eaglais an diugh 'n an neart do aobhar Crìosd air thalamh. Ach ged a dh'aidhicheas daoine sin tha an smuain air chùil an cinn fad na h-ùine gur maith an rud àireamh mhòr, agus gu bheil an eaglais soirbheachail an uair a tha ainm a h-uile duine anns an sgìreachd ann an leabhar a' chomanachaidh. Tha sin furasda gu leòir fhaotainn ma leanas an eaglais fasain an t-saoghail agus dòighean na marsantachd, ach a thaobh cumhachd is soirbheachadh spioradail bhiodh e na b' fheàrr do'n eaglais an dara leth de na h-ainmean a tha aice cheana air a leabhraichean a dhubhadh a mach asda.

B'e an t-aobhar gu'n d' innis Lucas an naigheachd so gu'm bu mhaith leis fhìos a bhì aig an eaglais gu léir cho cùramach 's a bha Crìosd mu thaghadh a dheisciobuil, agus cho geur-shuileach 's a bha e ann a bhì leughadh

an cridhe. Chriathair e iad gu cùramach, agus cha do ghabh e ach ris a' chruithneachd.

B'e a' cheud fhear a thairg e féin dha sgrìobhaiche, aon de na daoine ionnsaichte aig an robh e mar dlùth na sgrìobtur an mhìneachadh. Cha b'e Iosa a ghairm an duine so; thairg an sgrìobhaiche a leantuin as a cheamh féin. "Leanaidh mise thu," ars' esan, "cìod air bith taobh a thléid thu." Fhreagair Iosa, "Tha tuill aig na sionnaich agus nid aig eunlaith an adhair, ach cha 'n'èil aig mac an duine ionad anns an leag e a cheamh." C'ar son a fhreagair an Slànuighear caomh an duine mar sin, agus cìod a bha e a' ciallachadh? Fhreagair, a chionn gu robh cridhe an duine cho fosgailte 'n a fhianuis 's ged robh e a' leughadh leabhair. Bu léir da nach do sheall an duine roimhe, agus nach robh fhìos aige cìod a bha air thoiseach air; gu robh e air son a bhì air taobh Crìosd a chionn gu robh e 'n dùil gu'm faodadh sin a bhì buannachdail dha; gu'n tugadh Crìosd inbhe urramach dha an uair a chuireadh e air chois a rìoghachd. Ach chuir Crìosd as a' bheachd sin e gun dàil; mar gu'n abradh e ris, cha'n'èil dad agamsa r'a thairgsinn do m' dheisciobuil ach còmhrag spioradail is ceusadh na fèola; tha mi gun tigh gun dachaidh mi féin air chor agus nach ruig mo chàirdean a leas fìughair a bhì aca gu'm maithich mi an còr saoghalta. An lean thu mi air na cùmhnantan sin? Cha b'e Crìosd a chuir eil ris an duine ma thionndaidh e air ais; cha do rinn Crìosd ach a shùilean fhosgladh agus innseadh dha gu soilleir na duileadasan agus an t-saothair a bha air thoiseach air. An uair a bhios muinntir an airm ag iarraidh air gillean òga tasdan an rìgh a ghabhail agus dol do'n arm, feuch an toir iad iomradh air an taobh is miosa de'n t-saighdearachd. Cha tabhair idir; cumaidh iad sin aca féin: ach neo-ar-thainig nach mol iad an taobh eile agus nach cuir iad mar fhiachaibh air an òigridh gu'm bi beatha shòlasach is beatha duine-uasail aca anns an arm. Ach cha b'e sin cleachdadh a bha aig Iosa. Cha bu mhaith leis daoine 'g a leantuin ann an aifhios air na bòidean a dh' fheumadh iad a chumail, agus an seòrsa dhaoine a dh' fheumadh a bhì annta. Mar sin chuir e gu soilleir fa chomhair an sgrìobhaiche so nach ruigeadh e leas dùil a bhì aige gu'm faigheadh e suaimhneas, no pàigheadh, no urram, no glòir shaoghalta, mar dhuais a dhiadhaidheachd. Mar gu'n abradh e ris, ma's e sin a tha 's an amharc agad, cha'n'èil thu ach 'g ad mhealladh féin, agus tha e cho mhaith dhuit gun

tòiseachadh idir, oir tillidh tu air t' ais luath no mall.

Ris an dara fear thuirt Iosa gu h-aithghearr, "Lean mise." Theagamh nach robh an duine a' ciallachadh sin a dheanamh; co dhui cha do thairg e e féin do Chrìosd mar a rinn an fear eile. Ach chunnaic an Slànighear gu robh gibhteau sònruichte aige a bhiodh feumail do obair na rioghachd, agus dh' iarr e air cuing an t-saoghail a thilgeil dheth agus obair spioradail a ghabhail os laimh. Ach dh' iarr an duine so air Iosa a lethsgèul a ghabhail, "Ceadaich dhomh dol an toiseach agus m' athair adhlacadh." "Leig leis na mairbh an mairbh féin adhlacadh," fhreagair Iosa, "ach falbh thusa agus cuir an céill rioghachd Dhé." Tha cuid de dhaoine a bhios ag ràdh gu robh Iosa ro chruaidh air an duine so, agus gu'n do labhair e ris gu neo-fhaireachdail; tha iad ag ràdh gu'n goirticheadh a bhriathran cridhe duine air bith a bha air son urrainn a thoirt d'a phàrantan, agus ceann athar a leagail ams an uaigh cho sòluimte agus cho caomhail 's a b'urraim da. Bhiodh sin fiòr gun teagamh na'n robh athair an duine marbh aig an àm, agus na'n robh an tìodhlacadh ri bhi ann am an latha no dha. Ach cha robh athair an duine marbh idir; cha robh anns an fhacal ach seòrsa sean-fhacail a bha ciallachadh gu'm feumadh e dol agus a chùisean saoghalta a chur an òrdugh m'an, tòisicheadh e air obair an t-soisgeil. Is e sin r'a ràdh, bha e a' cur dàil anns a' ghnòthuch. Sin an t-obhar gu'n do bhruidhinn Iosa cho cas goirid ris; mar gu'n abradh e, tha gu leòir de dhaoine eile as urraim sealltuinn as déidh cùisean saoghalta a chéart cho mhaith riutsa; leig léo sin a dheanamh agus lean thusa mise, oir tha tàlant an agad air son oibre is fhearr agus is àirde.

Coltach ris a' cheud fhear thairg an treas fear Iosa a leantuinn, as a cheann féin, ach coltach ris an dara fear dh' fheuch e ri cumhachan a chur air. "Leanaidh mise thu," a Thighearna, "ach ceadaich dhomh an toiseach mo chead a ghabhail diubhsan a tha aig mo thigh." Tha so ear coltach ris an rud a thuirt am fàidh Elisa ri Eliah an uair a thàinig gairm o Dhia thuige; "leig dhomh," ars' esan, "m'athair agus mo mhàthair a phògadh, agus an sin leanaidh mi thu." Saoilidh sinn gu robh e glé reusanta do Elisa agus do'n duine so cead iarraidh beannachd fhagail aig an càirdean, ach fhreagair Iosa, "Cha'n'èil neach air bith a chur a làmh ris a' chrann-treabhaidh, agus a sheallas 'n a dhéidh, ionchuidh air son rioghachd Dhé." Chumnaic e gu robh an duine ann an iom-chomhairle, nach robh a chridhe aonaichte ann an eagal an Tighearna; chumnaic e gu robh an saoghal cho mbaith ri Dia 'g a ghairm, agus na'n dealaicheadh e ris an là ud, gu'm faodadh e bhith nach fhaiceadh e e gu bràth tuilleadh.

Mar sin bhruidhinn e ris gu smachdail; dh' iarr e air gun moille no dàil a chur ann an gnòthuch 'anama, ach aghaidh a chur air Sìon le cabhaig.

Is aithne do Chrìosd ciod a tha ann an cridheachan dhaoine gun innseadh dha; cha do rinn e riamh mearachd ann an leughadh rùintean dìomhair a' chridhe. Thug sin cothrom neo-chumanta dha ann an taghadh a dheisciobul, agus ann an labhairt ri daoine, oir b' aithne dha ciod am facal a fhreagradh do'n duine ud agus do'n duine ud eile. B' urraim da a ràdh mar nach b' urraim do aodhar air bith eile, "Is aithne dhomh mo chaoiraich."

Cha dean e feum air bith do dhuine leth a chridhe a thairgsinn do Dhia. Is toigh le Dia cridhe briste a thaobh peacaidh, ach a thaobh seirbhis a rioghachd is toigh leis cridhe slàn. Iadsan leis am bu mbaith a bhi 'n an seirbhisich dha feumaidh iad an uile chridhe a chur 'n an obair; cha 'n fhaod iad leigeil eadhon le athair no màthair seasamh eadar iad is rioghachd Dhé. Chuir an Slànighear féin an fhìrinn sin ann an dòigh a tha gu maith làidir; "Ma thig neach air bith a'm' ionmsuidh-sa, agus nach fuathaich e athair féin, agus a mbathair, agus a bhean, agus a chlann, agus a bhràithrean, agus a pheathraichean; seadh, agus a bheatha féin mar an ceudna, cha 'n urraim da a bhi 'n a dheisciobul domhsa." Tha sin a' ciallachadh gur e an t-àite a bu chòir duinn a thoirt do Chrìosd 'n ar cridhe a' cheud àite. Tha còir aige air ar seirblus, air ar dilseachd, air ar gràdh, oir cheannaich e sinn le fhuil luachmhor.

ANN'S A' CHATHAIR.

Ged a tha mi a' sgrìobhadh so anns a' chathair b' fheàrr leam gu mòr a bhi 'g a sgrìobhadh anns a' choille bheithe. Tha obair na Sàbaid seachad, agus bha e 'n an bheachd maduinn Diluain a ghabhail dhomh féin anns a' choille bheithe, gun fhios nach ann a chuireadh Urra Mòr na coille smuain air chor-eigin 'n an cheann a b' fhiach dhomh a thairgsinn do dhuine ciallach grunn-dail mar a tha thu féin, a leughadair. Ach tha an t-sid caochlaideach aig an àm so de'n bhliadhna, agus ged a bha a choslas oirre Di-sathuirne gu robh an gearhradh seachad agus àm seinn nan eun air teachd, air maduinn na Sàbaid bha frasan sneachd againn agus an diugh tha fuachd is reothadh ann, air chor agus gur buidhe leam a' choille bheithe fhàgail aig na coilich dhubha agus fuireach ann am sheòmar blàth.

Cha chuimhne leam idir sìd anns an Fhaoilleach a b' fheàrr na fhuair sinn am bliadhna. Bu mhaith leis na seann daoine gu'n tigeadh am Faoilleach a steach mar cheann na nathrach agus gu'n rachadh e a mach mar



earball peucaig. Cha b'è a h-uile earball peucaig a bha cho briagha ris na maduinnean grìanach agus na feasgair chiùin a bha againn o chionn ghoirid. Air là Fheill-Bride tha mi an dùil gu robh am barrachd guirme r'a fhaicinn air aghaidh an t-sratha so na bha ann mu Lunasdal an uiridh. Ann an deireadh an t-samhraidh an uiridh bha na h-achaidhean ann an Atholl air an losgadh gu muldach leis an tiormachd; sàmhradh tioram gun bhi teth a' leantuinn earrach fuar. An uiridh cha deachaidh crann a chur anns an talamh gu toiseach a' Ghiblìn le olcas na sìde, ach am bliadhna cha deachaidh stad a chur air an treabhadh fad an Fhaoillich. Bha Februari an bliadhna na bu chiùine agus na bu bhàithe na April an uiridh. Bha mi a' bruidhinn ri caraid anns an Lagan air an t-seachduinn so chaidh, agus bha e ag innseadh dhomh gu robh peasair is pònair is buntata air an cur cheana anns a' ghàradh aige. Cha ruigear a leas a bhi gearan air an t-sìd an uair a ghabbas pòr a chur anns an talamh cho tràth 's a' bhliadhna.

Ach an dé agus an diugh tha gaoth fhuar rèta is frasan sneachd ann, rud glè nàdurra mu'n àm so. Theaganh nach misd an dùthaich idir tiolam beag de fhuachd agus de chrìonadh a chumas air an ais na gucagan a bha tighinn a mach ro thràth air na craobhan. Bho chionn ceithir-la-deug bha na h-eòin a' seinn gu sundach anns na maduinnean, ach cha chuala mi big no pong anns an doire an diugh no 'n dé. Tha an gille-Bride féin 'n a thosd. Thàinig e air ais thugainn Dirdaoine; co dhiu b'è sin a' cheud là an bliadhna a chuala mi a ghuth, agus thog mo chridhe ris, oir bha mi eòlach air ann an làithean m' òige, agus tha e daonnan a' toirt thugam fios o'n chuan. Cha do theòigh mo chridhe riamh ris na cearcau-fraoich; coma leam iad beò no marbh; is fheàrr leam na h-eòin-mhara. Ma bheir thu an aire do'n ghille-Bhrìde chuinnidh tu gur e a bhios e ag ràdh, *Bi glic, Bi glic*. Iomadh uair, an uair a bhios mi a' gabhail sràide ri taobh na h-aibhne ann an toiseach an t-sàmhraidh agus e 'gr am leantuinn leis a' ghulag sin 'n a bheul bidh mi ag ràdh ris, *Bi glic, thu féin*. Ach tha na gilleacha-Bride cho balbh an diugh ri tromb gun teanga; an uair a bha mi a' coiseachd do'n eaglais an dé chunnaic mi dhà no trì dhiubh air bruch na h-aibhne, 'n an seasamh air an leth-chois, agus iad trom tìrsach mar gu robh aithreachas orra tighinn cho tràth. Cleas chlann-daoine tha e duilich do na h-eòin òrain shunnach a sheinn an uair a tha cùisean a' dol 'n an aghaidh, agus a' tha an t-acras orra. Na 'n tuigeadh an gille-Bride mo chainnt bha e ann am chridhe a ràdh ris anns an dol seachad, Cùm thusa ort, a laochain, agus na leig sìos do mhiseach; tha latha maith a' tighinn fhathast, agus tha eadhon itean do sgéithe air an àireamh le Dia.

Cha 'n 'eil àm de 'n bhliadhna is docha leam na 'n t-earrach, agus mar is sinne a tha mi a' fàs is ann is motha mo ghaol air. Agus is ann is motha a tha mi faotainn de thoilinntinn ann am feartan Naduir agus ann an conaltradh ri spiorad diòmhair na beatha a tha r'a fhaicinn agus r'a fhaireachadh anns an earrach mar nach fhaicear agus nach fhaichear e aig àm eile de 'n bhliadhna. Anail bhlàth na gaoithe an iar ann an toiseach a' Mhàigh; àileadh a' bheithe agus a' ghiuthais; conasg is bealaidh agus iad buidhe mar an t-òr; fàilleanan maoth na làirig air an dealtrachadh le guinne nach fhacas riamh a choimeas ach air boineidean nan sìthichean; li is laimhir an sgèithich ghil; sin seann nithean a tha daonnan ùr agus nithean cumanta a tha daonnan maiseach; nithean a bheir sòlas do m' chridhe nach h-urrainn mi innseadh. Anns an earrach tha feartan diòmhair ag oibreachadh anns a' chruthachadh, a' toirt air sùgh na beatha ruith anns na craobhan agus anns na luibhean, agus tha mi an dùil gu bheil a' cheart ni a' tachairt ann am bodhig an duine a tha tachairt anns na craobhan. Tha cuisle na beatha a' bualadh na's làidire ann na aig àm sam-bith eile de 'n bhliadhna. Theagamh gu 'n abair thusa rium, a leughadair, nach 'eil so fiòr; gu 'n abair thu gur e 'n t-earrach àm cho deuchainneach 's a tha anns a' bhliadhna, agus a thaobh neirt gu bheil cuirp dhaoine a' dol sìos anns an earrach an àite a bhi dol suas. Tha am beachd sin a' tachairt orm cho tric am measg dhaoine 's gu'm feum gu bheil rud-eigin de'n fhìrinn ann. Gun teagamh tha Februari agus toiseach a' Mhàirt deuchainneach, agus creididh mi nach 'eil sruth na beatha cho làidir ann an duine aig an àm sin 's a tha e aig amannan eile. Theirear ri Februari an mìos marbh, agus ma bu mhaith le duine gnàths is laghannan nàdur a leanntuinn bu chòir da deanamh mar a tha na craobhan agus na luibhean a' deanamh, fois a ghabhail ré a' mhìos so, agus dol a chadal: Anns a' gheamhradh tha sùgh na beatha a' tuiteam sìos anns na craobhan ach anns an earrach tha e ag éirigh suas: cha 'n 'eil feum aig na meanglain air. An déidh an àl a thogail anns an t-sàmhradh, tha eòin is beathaichean fiadhaich eile a' gabhail foise; ré a' gheamhradh cha 'n 'eil iad a' deanamh dad ach ag itheadh 's a' cadal. Ma's e an talamh féin e feumar fois a thoirt da an dràs 's a rithist, air neo ruithidh e a mach uile gu léir. Bu chòir do mhac an duine gnàths is dòighean a' chruthachaidh a leantuinn, agus fois a ghabhail cha 'n e mhàn pàirt de 'n bhliadhna ach aig àm sònruichte dhi, *am mìos marbh*. Ma cheadaicheas tu dhomh, a leughadair, labhairt gu sàmhlachail tha a' cheart uiread feum aig clann-daoine air an itean a thilgeadh 's a tha aig na cearcan, agus is e Februari an t-am ceart air son sin a dheanamh.

Ma bheir thu cothrom do d' chorp fois a ghabhail ann an deireadh a' gheamhraidh agus ann an toiseach an earraich, gun a phianadh le fuachd no saothair an uair a tha sruth na beatha marbh is iosal, bidh e ann an suidheachadh feum a dheanamh de fheartan Nàduir an uair a dh' fhàsas a' ghrian blàth. Direach mar a tha sùgh na beatha ag éirigh anns a' chraoibh agus a bheir e oirre gucagan is duilleach a chur a mach, tha e ag éiridh anns an eunlaith agus anns na daoine agus 'g an cur a sheim 's a leannanachd. Sin obair an earraich. Mur biodh cuise na beatha a' ruith gu làidir ann an daoine aig tionndadh na bliadhna cha bhiodh iad a' tuiteam ann an gaol aig an àm sin cho tric 's a tha iad a' tuiteam ann. Agus an uair a thig an gaol air duine agus a thig togradh leannanachd air tha sin a' dearbhadh gu bheil a bhodhig air dheagh ghleus.

An faca tu riamh, a leughadair, ròcais agus e air a dhalladh leis a' ghaol? Thoir an aire dha agus chi thu nach 'eil mùghadh mòr air bith eadar na h-eòin agus na daoine, a thaobh fasain na suiridhe. Tha an ròcais na's fheàrr na na Mohammedanaich oir cha bhi aige ach aon bhean, agus tha e na's fheàrr na cuid de na Criosduidhean oir tha e dileas de'n té a phòsas e. Glé bhitheanta samtaichidh e cuid a choimhearsnaich, agus goididh e na gheibh e leis, ach tha mi 'n dùil nach samtaich e bean a choimhearsnaich. Rud eile anns a bheil an ròcais air thoiseach air na Criosduidhean, cha 'n 'eil e a' stad de leannanachd an uair a phòsas e. Bitheir ag radh mu chlann-daoine gur e a' cheud bhliadhna a tha iad pòsda *bliadhna nam pòg*, agus an ath bhliadhna *bliadhna nan dòrn*. Sin droch thuailleas air a' phòsadh nach 'eil mi a' creidsinn, ach theagamh gu bheil e fiòr gu leòir nach 'eil càraidean pòsda a' leantuinn air leannanachd mar bu choir daibh, agus gu bheil iad feumail air leasan a ghabhail o'n ròcais. A h-uile earrach tha esau a' dol troimh ruidhleanan na leannanachd as ùr, agus tha e fhéin agus a sheana bhean a' fàs cho aotram iollagach ri balach is caileag a' dol do'n sgoil-dannsa. An uair a thig an gaol air eun tha e a' leantainn na ceart fhasain a bhios aig na daoine, gus na mnathan a thàladh. Tha e a' cur uime aodach rìomhach agus a' tòiseachadh air e féin a ghiùlan gu mòralach an làthair a leannain; le seim, is damsa, is deanamh a bheic, agus gach seòrsa spaisdearachd is spagadagliog is aithne dha, tha e a' feuchainn r'a thoirt oirre chreidsinn nach 'eil eun eile anns an ealltainn cho ionmhiannaichte ris féin. An uair a chi thu sgonn-bhalach a' cur uime peiteag rìomhach anns a bheil uiread dhaithean 's a bha ann an casag Ioseph; an uair a chi thu e a' cur seachad uair an uaireadair mu choineamh sgàthain, a' ceartachadh sid is so d'a aodach agus d'a fheusaig, faodaidh tu bli cinnteach gu bheil e

a' tighinn foidhe dol a shuiridh, agus gu bheil e 'n dùil gu'm faic e riar a chridhe. Agus ged a bu dona a chòrdadh e ris a chluinntinn gu robh e cho gòrach ris na h-eòin, dh' fhaodadh tu innseadh dha gur e an t-aobhar a' thug air a pheiteag rìomhach a chur air a' cheart aobhar a chur an t-earball uasal air a' phencaig, am bruilleach dearg air a' bhru-dhearg spliugan is cìrean is iteagan rìomhach air a' choileach Fhrangach, agus éideadh cho lannireach air an lach fhiadhaich.

Tha e air a ràdh gu bheil Pàrlamaid aig na ròcaisean, ach ma tha, tha i glé choltach ri Pàrlamaid nan Iortach, mòran buidhne is beagan air a dheanamh. Ann an eilean Iort a h-uile maduinn tha fir-thighe an eilein a' cruinneachadh, a chur an comhairle ri chéile mu obair an latha. Air uairean bidh uiread aca r'a ràdh 's gu 'n téid an làtha seachad gun iad a chòrdadh mu'n char air am bu chòir dhaibh tòiseachadh. Cha 'n ann a dheanamh laghannan ùr a bhios na ròcaisean a' dol cruinn ann am Pàrlamaid, ach a chumail suas na seann laghannan a fhuair iad bho 'n aithrichean, agus gu sònruichte, lagh na meirle. A réir gnàthais is cleachdaidhean nan ròcaisean tha e air a cheadachadh dhaibh goid a dheanamh ann an tomhas reusanta. Cha toir e oilbheum air bith do choguis ròcais bioran a ghoid á nead a choinhearsnaich, ma chi e gu bheil bioran innte a tha freagairt air an nead aige fhein. Tha so air a thuigsinn leò uile cho maith 's nach ruig aon dhiubh a leas a ghearan a dheanamh ri càch air son gu'n do chaill e bioran no ceus clòimhe a ghiùlan e leth-mhìle los a nead a dheanamh socrach is briagha. Is e a theireadh iad ris, C'ar son nach do chum thu do shùil air t'earnais? Aig àm deanamh nan nead tha aon de'n chàraid a' fantuinn daonnan dlùth do'n nead, an uair a tha an t-aon eile air falbh ag iarraidh bhioran is treathlaich eile a ni i, a dh' aon ghnòthuch 'g a faire. Ach air uairean faodaidh ròcais a bhi air a bheò-ghlacadh le leig is leibideachd is spiorad na meirle cho buileach 's gu bheil e a' fàs 'n a thrusdar uile gu léir, a' goid gun sgar. Cha toigh le càch sin; ged a chuireas iad suas leis a' mheirle ann an tomhas cha cheadaich iad do chàch a chéile dol thar tomhais, agus fear air bith nach ionnsaich dha féin a bhi car stuama 'n a ghadachd, tionndaidh càch uile 'n a aghaidh agus cuiridh iad a mach as am measg e. Cuiridh iad a mach as an t-sionagag e mar a b' àbhaist do na Phairisich a dheanamh air na peacaich a bhris an lagh. Cha 'n 'eil maith dha a shròn a nochdadh 'n am measg a' bhliadhna sin tuilleadh, agus ma dh' fheuchas e gu fàilidh ri faotainn air ais d'a sheann àite leumaidh iad uile air a mhuin, agus iad a' mallachadh 's a mionnachadh gu h-uamhasach.

Blank page



CRIOSD IS MUIRE.

Ghabh Muire punnd de oladh spìcnaird ro luachmhor, agus dh' ung i casan Iosa, agus thiormaich i a chasan le a falt.—Eoin xii. 3.

Air do Iosa bhi dol suas do Ierusalem gu féill na Càisge, chuir e seachad oidhche ann am Betani, maille ri Lasarus agus ri dhà phiuthair. Cha robh iognadh ged a dheanadh an teaghlach ud fughair ris, oir chuir e comain orra nach b' urrainn iad a dhìchuimhneachadh. Cha robh uair a thàinig e riamh g' an ionnsuidh nach d' fhuair iad beannachd an lorg a theachd. An uair mu dheireadh a bha e ann am Betani, bha bròn is brìseadh-eridhe 's an dachaidh so; ach ghabh e truas do na peathraichean, agus thug e dhaibh oladh aobhneis an àite culaidh bhròin.

Cha 'n 'eil teagamh nach cuala Lasarus 's a pheathraichean an t-òrdugh a chaidh a mach o na h-àrd-shagairtean agus o na Pharasaich aig an àm so—*“na'm biodh fhios aig neach air bith c' àit an robh e, gu'n innseadh se e, chum gu'n glacadh iad e.”* Eoin ii., 57. Ach ma chuala, cha d' thug iad suim do 'n àithne eucoirich; agus cha mhò a thionndaidh iad an cùl air a' charaid chaomhail a rinn trècair orra ann an là na trioblaid.

Ach bha tuilleadh 's an trìuir so ann am Betani a rinn fughair ri Criosd, 's a bha deònach air aoi gheachd a thoirt dha an oidhche ud. B'e aon dhiubh sin Simon, an lobhar, *Marc xiv., 3.* Co e Simon, cha 'n urrainnear a ràdh; ach tha e glé choltach gu'n do leighis Criosd e uaireigin. Bha an luibhre 'n a galair cho uamhasach 's gu faodadh Simon a ràdh gu robh esan air a thoirt o na marbhaibh cho cinnteach 's a bha Lasarus fhéin. Cha luaithe a chual e gu robh Criosd anns a' bhaile na rinn e suipeir deas, chum urram a thoirt dha. Bha fios aig Simon gu'm bu mhaith le Muire, 's le Marta, 's le Lasarus a bhi làthair, agus chuir e fios orrasan mar an ceudna. Aig an t-suipeir bha Marta mar a bha i riamh—'n a fuil 's 'n a fallus a' frithealadh. B'e sin a gné, agus ged a bhitear a' faotainn coire dhu airson a driop, bu shuarach an fhàilte e. Bha i 'n a deagh bhean-tighe, agus is e leithid Marta a bha aig an duine ghlic 's an t-sealladh an uair a thuir e:—

Bheir i an aire do shlighibh a teaghlach; agus cha 'n ithiaran an dìomhanais.

Fosgailidh i a glac do'n truaghan; agus sinidh i a làmh an do'n fheumach.

Aithnìchear anns na geataibh a fear, an uair a shuidheas e maille ri seanairibh na tìre.

Eiridh a clann agus beannaichidh iad i; a fear, agus molaidh e i.

Cha d' fhosgail Lasarus a bheul fad na h-oidhche; co dhiu, cha 'n 'eil a h-aon de na trì soisgeulaichean ag ràdh gu 'n d' fhosgail. Tha cuid de dhaoine ann a b' fheàrr a bhi an dràs 's a rithist 'n an tosd. Ach cha b' ann dhiubh sin Lasarus. Bha eòlas aige air nithean air a bheil daoine ag iarraidh soluis o thoiseach an t-saoghail gus an latha diugh; ach ma bha, chum e sin aige fhéin. Bha e trì làithean air taobh thall na h-uagha; ach cha d' iunnis e riamh do dhuine eile ciod a chumnaic, no chuada, no dh' fhairich e.

Cha 'n e Simon, no Marta, no Lasarus a tha tarruing ar n-aire anns an eachdraidh so ach Criosd is Muire. Tha mi 'n duil nach robh neach eile riamh aig an robh gaol cho mòr air Criosd 's a bha aig Muire, ach a mhàin a mhlàthair. Dh' éirich i o'n bhòrd; ghabh i 'n a làmh an boosa alabastair, agus air dhi a bhriseadh, dh' ùng i cheann 's a chasan leis an oladh luachmhor. Bha i coma gu de a shaoileadh càch dhi. Bha a cridhe a' cur thairis le gradh do Chrìosd, agus ghabh i an dòigh so air a faireachduinn a nochdadh dha. Faodaidh e bhith gur h-ann a chum corp Lasarus ùngadh an déidh a bhàis a cheannaich i fhéin 's a piuthar an ola; agus ma tha sin fìor, cha robh iognadh sam bith ged a dhòirt i an tabhartas buidheachais so air ceann an tì a ghabh truas rithe 'n a h-éigin, agus a thug a bràthair air ais o'n bhàs.

Tha Mata is Marc ag ràdh gu robh fearg air na deisciobuil an uair a chumnaic iad an rud a rinn i, agus gu'n d' thuir iad—*Dh' fhaodadh an oladh so a bhi air a reic air mhòran, 's air a toirt do na bochdan.* Tha an t-abstol Eoin ag ràdh gur h-e Iudas a mhàin a rinn gearan; agus los buille a thoirt do chompanach nach bu toigh leis, tha e a' cur as leth Iudais nach ann air ghaol nam bochd a rinn e gearan, ach a chionn gu'm bu ghaduiche e. Faodaidh gu robh an aon smuain ann an cridhe nan deisciobuil uile, ach gur h-e Iudas a mhàin a labhair. Ach cha do ghabh Criosd roimhe, agus cha leigeadh e leò coire fhaotainn do Mhuire. *“C' ar son a tha sibh a' cur dragha oirre?”* ars' esan. *“Leigibh leatha, oir rinn i deagh obair dhomhsa.”*

I. Ghabh Criosd taobh Muire a chionn gu'n do thug e gur h-e an gaol a bha aice air fhéin a thug oirre an rud a rinn i a dheanamh. Na'n d' fheòraich i dheth an toiseach, co a b' fheàrr leis—a cheann ùngadh leis an oladh, no an oladh e bhi air a reic airson nam bochd;

faodaidh sinn a bhi cinnteach gur h-e a dh' abradh e; coma leat mise, reic an oladh, is thoir biadh do na daoine acrach. Ach cha do chuir Muire a comhairle ris, agus cha d' iarr i cead. Bha an rud deanta m' am b' urrainn e bruidhinn no stad a chur oirre, ach cha leigeadh e le càch a diteadh. 'Na aite sin, is ann a chonaich e an fheadhainn a bha cur buille oirre, "*tha na bochdan agaibh daonnan, ach cha bhì mise agaibh daonnan.*" Mar g'un abradh e,—Ma tha uiread ionguin oirbh mu chor nam bochd, cha bhì cion cothrom oirbh 'n a dheidh so air 'ur caoinhneas a dhearbhadh dhaibh; ach air mo shon-sa, cha 'n fhada bhios mi maille ribh tuilleadh. Ged a theireadh Iudas nach robh ann an gnìomh Muire ach daor chion mothaich, bu lèir do Chrìosd an gràdh a bha 'n a cridhe, agus a rèir a gràidh thug e breith oirre. Bha an là a' tighinn dluth anns an biodh esan aonar-anach gu leòir; auns an tiomdadh eadhon a chompanaich an cùl ris, ach ann a bhì ag ullachadh a chridhe anson là na dòruinn sin, bha e 'n a chuideachadh agus 'n a ghàirdeachas dha fhaicinn gu robh feadhainn d'a chàirdean, mar bha Muire, aig an robh gaol air nach gabhadh innseadh. Bha fios aige gu robh aon d'a chompanaich a bha dol 'g a bhrath, is cha 'n 'eil teagamh nach robh an t-eòlas sin 'n a chud-throm air a chridhe, ach dhì-chuimhnicheadh e Iudas, co dhiu beagan ùine, an uair a thachair dìlseachd is gràdh cho mòr air 's a nochd Muire dha. Ged nach robh fios aice-se air, bha fios aig Chrìosd gur h-e so an cothrom mu dheireadh a gheibheadh i air urram a thoirt da, agus thuirt e ann facal—"*is ann fa chomhair m' adhlaic a rinn i e,*" facal nach do thuig i aig an àn, ach facal a thigeadh gu 'cuimhne 'n a dhéidh so. Agus faodaidh sinn a bhi cinnteach gu robh e 'n a aobhar toileachaidh dhith, an uair a chual i gu'n deachaidh a cheusadh, gu'n do leig i ris dha an oidche ud meud a graidh. Nach iomadh a h-aon a bheireadh na tha aca de'n t-saoghal, na'n rachadh aca air an fhacal a bu chòir daibh a labhairt 'n a àn, a labhairt a nis ris a' charaid, no ris a' mhnaoi, no ris a' phiuthair a chaill iad. Bha gràdh 'n an cridhe ged a bha gruaim air an aodann, ach bha iad 'n an tosd; leig iad seachad an cothrom, agus cha 'n fhaigh iad e gu bràth tuilleadh. Cha d' fhan Muire gus an d' fheòraich Chrìosd dhi mar a dh' fheòraich e do Pheadar—*An toigh leat mi,* ach gun ghuth a ràdh no cead iarraidh dhòirt i an oladh air a cheann, agus thiormaich i a chasan le 'falt. Mar gu'n abradh i:—

Ged a bu leam air 'fhad an saogh'l,

Bu thòdhlac e gu tur ro chrìon;

Bu neo nì truagh mar dhìol d'a ghaol,

Mo bheatha, m' anam, is gach sìon.

II. Cha do chaill na bochdan air gnìomh Muire. Ged a bha uiread cùraim air Iudas

umpà, co dhiu le theangaidh, tha mi 'n dùil gu robh fhios aig a h-uile diol-déirce ann an Betani gu'n faigheadh iad an tuilleadh caoinhneis aig dorus Muire na gheibheadh iad o Iudas. Cha b'e sin cobhair nan geas. Is e leithidean Muire a bha riamh 'n an deagh chàirdean do na bochdan. Ged a bhios an saoghal a' cur sìos air Chrìosduidhean, 's ag ràdh nach 'eil ach glé bheag de spiorad an Maighstir air an gràdh, tha fhios aig na bochdan glé mhaith gu'n faigh iad caomhalachd a Chrìosduidhean nach fhaigh iad o'n t-saoghal. Ma dh' fhaighnichear—co iad na càirdean as fheàrr aig baintraichean is dilleachdain, aig truaghain is eireblaich na dùthcha, is e an freagradh, na Chrìosduidhean. Tha gràdh Chrìosd 'g an co-eigneachadh, is tha iad a' dol a mach do shràidean agus do chùl-shràidean nam bailtean mòra, air thurasan na tròcair. Tha e ionchuidh gu'n deanadh iad sin. Tha e na's beannaichte ni a thabhairt na ghabhail. B'e sin spiorad Chrìosd. Cha do ghléidh esan a shaoibhreas dha fhéin; thug e seachad na bha aige, agus mu dheireadh, thug e seachad 'anam an éiric a shluaigh. Tha e 'n a dheagh chomharadh suim a bhì aig duine do na bochdan. Mur 'eil, cha 'n 'eil ann ach creidibeach crùbach; tha e eu-coltach r'a Mhaighstir. Is e Iosa da rìreadh càraid nam bochd agus bu chòir d'a dheiseiobuil a bhì fialaidh ri truaghain. An uair a bhios cridhe duine air a lionadh le gràdh Chrìosd, cha chium e a sporan dùinte. Mur 'eil truas 'n ar cridhe, cha 'n 'eil pàirt againn anusan a thubhairt—*Is beannaichte iadsan a tha tròcaireach.*

III. Is airidh Chrìosd air a' ghràdh agus air an urram as motha. Rinn Muire na b' urrainn dhì, ach cha do rinn i tuilleadh 's a chòir. Tha sinne 'g a ghràdhachadh-san, a chionn gu 'n do ghràdhaich esan sinne an toiseach. Tha sinn 'n a 'eiseimeil cho mòr, 's ged a dhòirteanaid ar saobhreas uile aig a chasan, cha phàigheadh sin ar fiachan. Tha Dia a' moladh a ghràidh dhuinne, do bhrìgh an uair a bha sinn fhathast 'n ar' peacaich gu'n do bhàsaich Chrìosd air son. Am b' urrainn gràdh dol na b' fhaide? An urrainn iobairt-bhuidheachais air bith a bhì ro-luachmhor? Bha teanga a' bhàird aig Daibhidh, ach tha Daibhidh ag ràdh gu bheil cainnt a' teirgsinn air, gach uair a bheachd-smuainicheas e air gràdh is tròcair Dhé. "*Mac Dhé a ghràdhaich mi 's a thug e fein air mo shon.*" Na'n ruigeadh duine air brìgh nam briathran so 'n an lànachd, thuiteadh e air an làr, oir cha seasadh a chridhe ris a' ghlòir a chitheadh e. Aig là an bàis cha bhì de aithreachas orrasan a thug mòran do Iosa, 's a dh' fhuiling mòran air sgàth 'aime, ach nach d' thug iad an tuilleadh, agus nach d' fhuiling iad an còrr. Le aon ghuth agus le aon chridhe tha coisir chiuil nan naomh a' seinn—"Is

airidh thusa, a Thighearna, air glòir agus urram agus cumhachd, gu saoghal nan saoghal."

*Pailteas is meud saor mhaitheas Dhé,
Cha 'n aithris beul no prann;
Gràdh Ios', ar Slànuihear, ciod e,
Cha 'n aithne ach d'a chloinn.*

NA SEANN LAITHEAN.

Cha 'n 'eil bliadhna a' dol seachad gun leabhar a bhi air a sgrìobhadh mu chor na dùthcha agus na h-eaglais anns na làithean a dh' fhalbh. Tha mòran dhaoine an dùil gu robh na seann làithean na b' fheàrr na 'n là an diugh. Ach na'n leughadh iad leabhraichean Seisein is Cléire, tha sinn an amharus gu'n atharraicheadh iad beachd. Mur h-eil rud eile ri iomsachadh o na sgrìobhaichean sin, tha iad, co dhiu, a' leigeil fhaicinn dhuinn an t-atharrachadh mòr a thàinig air cor na h-eaglais agus air cleachdanan an t-sluaigh. 'Nuair a chruinnicheas Seiseinean is Cléirean an diugh, cha chluinnear iomradh air na ceistean (iomadh uair glé fhaoin) a bha cur dragh air na seanairean anns na làithean a dh' fhalbh, oir chaidh na seann nithean seachad, agus is maith gu'n deachaidh.

Cha 'n 'eil ceàrn de'n dùthaich ams a bheil Sàcramaid Suipeir an Tighearna air a frithealadh le barrachd urrainn is sòluimteachd na anns a' Ghaidhealtachd. Ach bha là eile ann. Cha 'n e mhàin gu'm biodh an òigridh a' dol o sgìreachd gu sgìreachd aig àm comanachaidh, cha 'n ann air ghaol fireantachd no le cridhe briste, brùite, ach air ghaol leannanachd, is òil is faiceis, ach bu bhithaonta le ministearan is foirbhich fhéin dearmad a dheanamh air an òrdugh naomh. Ann an 1650 cheasnaich Cleir Ionarphoetharain ministear Loch-braon mu chor na sgìreachd, agus b' éigin dha aideachadh nach robh comanachadh aige o chionn sheachd bliadhna. An Gleann Urchadain cha do ghleidheadh comanachadh o bha Maighstir Donnachadh Mac Culloch air a shuidheachadh ann an 1647 gus an d' fhàg e an sgìreachd ann an 1671—ceithir bliadhna fichead. Bha iomadh àite eile a cheart cho dona. B'e cuid de na lethsgèulan—nach robh soithichean freagarrach aca airson fìona; gu robh na h-amannan buaireasach; nach robh an treud cho coimhlionta ann an eòlas na fìrinn no cho stolda 'n an giùlan 's gu 'm biodh buannachd dhaibh anns an t-sàcramaid; no gu robh uiread de nithean eile aig a' mhinistear is aig na foirbhich ri dheanamh 's nach robh cothrom ceart aca air comanachadh a ghleidheadh.

Cha 'n 'eil ioghnadh ged nach robh. Ma bha iad car dearmadach air òrduighean an Tiomnaidh Nuaidh a choimhead, cha 'n urrainnear a

chur as an leth gu robh iad dearmadach air eucoraich a thoirt air an beulaobh. Faodaidh gu'n do rinn so maith, ach rinn e cron cuid-eachd. Cha b' am gun aobhar a bha eagal Seisein is Cléire air fir is mnathan is clann anns na làithean ud, oir bhatar a' sealltuinn as an déidh cho geur agus cho teann 's a bha na saighdearan dearga a' sealltuinn as déidh nan reubalach an àm Chùilfhodair. Na'n cluinnteadh sgoun-bhalach a' tilgeadh ainsg, no ag ràdh "buidseach" ri baobh chrosda, bha e fhéin 's a' chailleach air an tarruing air beulaobh an t-seisein. Na'm beirteadh air ceann teaghlaich a' tighinn a mach á tigh leanna is sogan drama air, dh' fhaodadh e e fhéin a chumtas fortanach mur biodh aige ri cuirte seisein a sheasadh. Dh' fheumadh duine a bhi anabarrach cùramach air latha na Sàbaid, air neo bhiodh am foirbheach air a shàil. Cha 'n fhaodadh e fantuinn as an Eaglais gun lethsgèul maith, is bha e air a ràdh gu'm biodh feadhainn a' leigeil orra bhi tim feuch am faigheadh iad cadal fada air latha na Sàbaid. Ann an 1699 bha bean de mhuinntir Lathurna air mhuinntireas an Bòdhta far an dò thogadh tuailleas oirre gu'm biodh i a' bleith snaoisean air an t-Sàbaid. Thugadh air beulaobh an t-seisein i, ach bhòidich i gu'm bu bhreug an rud a bhatar a' cur oirre. Cha ghabhadh fianuis fhaotainn 'n a h-aghaidh is leigeadh as i, ach do blùigh 's gu'm bu choigreach i, dh' iarr an seisein oirre teisteanas fhaotainn á Lathurna air neo gu feumadh i Bòdhta fhàgail. Saoilidh sinn gu'm bu lagh cruaidh e, ach tha e coltach gu'm faca Seiseinean an là ud iomchuidh, gun gabhail ri coigreach sam bith a thigeadh do 'n sgìreachd mur biodh teisteanas aige o'n sgìreachd as an d' thàinig e. Bha e 'n a chleachdadh aig a h-uile baile is sgìreachd na seotachan agus na h-eucoraich a thilgeadh a mach, is leis an lagh ud, bha 'n dara sgìreachd a' feuchainn ri i fhéin a dhìon o mheirlich 's o eucoraich sgìreachd eile. Ann an 1749 rinn seisein Chinn-a-Ghriùbhsaich gearan cruaidh gu robh coigreach ams a' bhaile a fhuair gabhail riutha gun teisteanas; agus air do na foirbhich an cinn a chur r'a chéile, dh' iarr iad air an t-siorram sealltuinn as déidh nan daoine sin, agus thug iad rabhadh do mhuinntir a' bhaile gu'n rachadh càin a chur air ceann teaghlaich air bith a bheireadh do fhear-siubhail tuilleadh is cuid oidhehe. Cha 'n 'eil teagamh nach bu deagh lagh e ann an aon dòigh, ged nach 'eil e furasd fhaicinn ciamar a b' urrainn cuid de na daoine truagha so teisteanas fhaotainn gu bràth. Cha robh orra ach "bual thall e 's coinnich a bhos e," agus gu deireadh an latha cha bhiodh iad ach eadar a' bhaobh 's a' bhuarach.

Ach ma bha na laghanan cruaidh, cha robh

an t-Sàbaid air a gleidheadh, 's cha do lughdaich eagal na Cléire peacadh. Bha dà ni gu sònruichte air an robh an Eaglais anabarrach trom, agus b'e sin bainnsean-cuideachaidh agus caithris nam marbh; ach a dh'aindeoin mhinistearan is fhoirbheach chaid an t-òl, 's an ceòl, 's an dannsadh air an aghaidh aig na còmhailtean sin mar a bha iad riamh. Co dhiu a bha a' Chléir ceart no ceàrr ann a bhì toirmeasg ciùil is aighear is gleadhraich nam bainnsean, bha e làn fhreagarrach nach biodh faoinneas de 'n t-seòrsa sin air a cheadachadh ann an tigh a' mhairbh. Tha e duilich a thuigsinn ciamar a leigeadh tìr nàdurra is faireachduinnean caomhail an cridhe le daoine, baoth shugradh a dheanadh ann an tigh a' bhròin. Ach is ann mar sin a thachair. Fad na seachduim a bha an corp air a ghleidheadh a stigh, cha robh stad a' dol air itheadh is ol, agus air a mheadhon oidheche ann an seòmar a' bhàis chluinnteadh ceòl na fìdhle is lachanaich na h-òighridh. Ann an 1651 chosg' faire Dhomhuill Chaimbeil, Ardnamurchan, naoi fichead 's a naoi punnd Albanach. B'e so a' chunntais:—

*Da ghallan dheug is dà fhichead leanna,
Cuig ghallain gu leth uisge bheatha,
Ochd muillt is mart,
Da chloich chàise,
Do pheic shalainn is punnd gu leth tombaca.*

Bu bhitheanta le daoine bainnsean is adhlaisean a dheanadh air an t-Sàbaid, agus bha cuid de na ministearan nach biodh idir diumbach na dleasdanasan sin a dheanadh an deidh an t-searmoin, ach chuir na Cleirean easg air an drochd chleachdadh, is thug iad rabhadh do na bràithrean n'an tugadh iad gnùis do bhainnsean air an t-Sàbaid gu'n sealladh a' Chléir as an deidh.

Bha aobhneas nam foirbheach làn an uair a rachadh aca air buidseach a chur ann an cùil chumhainn. Bha an t-àm dorcha, is bha eadhon daoine fòghluimte a' creidsinn ann an giosragan is orrachan is ubagan is droch shùil. Ma bha cailleach grannda, no luasganaich 'n a suil, no sgaiteach le teangaidh, bu leòr sin gu ainm baoibh a chur dhith. Mur deanadh am bainne ìm, mur beireadh na cearean uidhean, na thigeadh greim air each no duine leigteadh amharus air caillich bhochd air chor-eigin, agus rachadh a tarruing air beulaobh an t-seisein mar dhroch sgealb a bha ann an co-bheinn ri Satan. Dh'fheumadh am ministear agus na foirbhich air uairean là an deidh là a chur seachad a' ceasnachadh na caillich, 's a' ceasnachadh choimhearsnach, feuch an tugadh iad air a' chreutair through a cionnt aideachadh. Cha 'n 'eil ioghnadh ged a thòisich cuid de chaill-eachan air creidsinn gu robh cumhlachdan neo-

Chriosdail aca nach robh aig daoine eile, 'nuair a bha a' Chléir fhéin a' ghabhail a' gmothuich ann an da-rìreadh. B' ann ann an 1727 a chaidh an té mu dheireadh a chur gu bàs ann an Albainn airson buidseachais. Thug Siorram Chataoibh a mach a binn, is loisgeadh i ann an baraile tearradh ann an Dornoch.

Cha robh gearan a dheanteadh ris an t-seisein nach rannsaicheadh iad. Ma rinn duine droch mhionn, no ma labhair e facal tàireil mu phearsa eaglais; ma ghabh e daorach no ma bha amharus mèirle air, dh'fheumadh e eùirt a sheasamh, agus an dara cuid càin a phàigh-eadh no dol 's a bhrangus. Ach ged a bheireadh an seisein daoine air am beulaobh air son gach seòrsa uile, tha e furasd flaicinn o na seann leabhraichean gur h-e an t-seachdamh àithne an té a bu bhitheanta a bha air a briseadh. Bha am peanas ann bitheantas a réir inbhe an duine a thuislich. Ma bha e 'n a fhear-fearainn no 'n a thuathanach cothromach, theagamh nach deanteadh ach càin a chur air, agus nach maoidhteadh am brangus idir air; ach mur robh ann ach treabhaiche no tàillear, no griasaiche aig nach robh a bheag de'n t-saoghal, dh'fheumadh e seasamh an làthair a' choimhthionail uair no dhà mar a chitheadh na seanairean iomchuidh. Ma bha fìor dhroch cliù aige, ma dh'fhaicte gu feumadh e seasamh a h-uile Sabaid fad ràidhe. Bha e air a ràdh gu faodadh duine suidhe an àite seasamh, am feadh 's a bhiodh ann ministear a' toirt dha ruith de 'n teangaidh, na'n tugadh e coig bolla mine do na bochdan. Cha robh bòrd nam bochd ann aig an àm, agus cha robh beòthlainn eile aig na bochdan, ach caoimhneas an coimhearsnach is déirce na h-eaglais. Bha an seisein a' cur na càin a gheibheadh iad o na ciontaich nan am bocsa nam bochd. Mar a bu lionmhoire na peacaich is ann a bu reamhra na bochdan, agus tha e air innseadh gu'n cualas bodach càin a' tilgeadh an fhacail thar a ghualne, 'nuair a bha e a' fàgail sgìreachd shònruichte—*Marbhaisg air na h-ionraeain, cha 'n 'eil a bhì beò aig truaghain 'n am measg.*

LAOIDH.

“Gràs an Tighearn Iosa Chriosd, agus gràdh Dhe, agus co chomunn an Spioraid Naomh gu'n robh maille ruibh uile.”

Teàrnadh oirn a nis á Flaitheas,
Gràs ar Triath 's ar Slan'gheir chaoimh;
Gràdh an Athar mhòir 's a mhaithneas;
'S deagh-ghean grinn an Spioraid Naomh.
Chum gun téid ri chéil' ar n-aonadh
'S ri ar Triath le ceangal gràidh,
Is gu'm mealar leinn, gun chaomhnadh,
Sith is aobhachd Tìr-an-aigh. AMEN.

The first part of the document discusses the general principles of the proposed system, which is designed to be both efficient and economical. It is intended to provide a comprehensive overview of the various components and their interactions.

The second part of the document details the specific implementation of the system, including the various stages and processes involved. This section provides a clear and concise description of the system's architecture and its operational requirements.

The third part of the document discusses the various advantages and benefits of the proposed system, as well as the potential challenges and risks associated with its implementation. This section provides a balanced and objective assessment of the system's overall value and potential.

The fourth part of the document provides a detailed description of the various components and their functions, as well as the various methods and techniques used in the system's development and testing. This section provides a comprehensive overview of the system's technical details and its performance characteristics.

The fifth part of the document discusses the various applications and uses of the proposed system, as well as the various ways in which it can be integrated into existing systems and processes. This section provides a clear and concise overview of the system's versatility and its potential for widespread adoption.

The sixth part of the document provides a detailed description of the various methods and techniques used in the system's development and testing, as well as the various tools and resources used in the process. This section provides a comprehensive overview of the system's technical details and its performance characteristics.

The seventh part of the document discusses the various challenges and risks associated with the implementation of the proposed system, as well as the various ways in which these challenges and risks can be mitigated. This section provides a clear and concise overview of the system's potential for success and its overall value.

The eighth part of the document provides a detailed description of the various components and their functions, as well as the various methods and techniques used in the system's development and testing. This section provides a comprehensive overview of the system's technical details and its performance characteristics.

The ninth part of the document discusses the various applications and uses of the proposed system, as well as the various ways in which it can be integrated into existing systems and processes. This section provides a clear and concise overview of the system's versatility and its potential for widespread adoption.

The tenth part of the document provides a detailed description of the various methods and techniques used in the system's development and testing, as well as the various tools and resources used in the process. This section provides a comprehensive overview of the system's technical details and its performance characteristics.



AN SAOIBHREAS CEART.

Fluair an duine saoiùhir bàs.—Lucas, XVI., 22.

C'arson a labhair Criosd an cosmhalaichd so? Cluir an soisgeulaiche Lucas sìos e as déidh cosmhalaichd an stiùbhaird eucoraich, agus tha e glé choltach gu'n do rinn e sin a chionn gu robh e 'n dùil gu bheil ceangal air chor-eigin eadar an dà chosmhalaichd. Tha a' cheud chosmhalaichd a' teagasg gur h-urraimn daoine feum mòr a dheanamh de shaoibhreas, agus tha an fear eile a' teagasg gur truagh a bhios cor nan daoine a ni dearmad air feum maith a dheanamh de'n mhaoin a fluair iad. Rann no dhà roimhe so labhair Criosd na briathran—*An nì sin a ta ro mheasail aig daoine, is gràineilteachd e am fianuis Dé.* agus cha b' urraimn searmon a bhì air a' labhairt o'n cheann-theagaisg sin a bu drùidhtiche na'n cosmhalaichd so. Agus an uair a leughas sinn e thig na briathran gu ar-n inntinn—"Ciod an tairbhe a tha ann do dhuine, an saoghal uile a chosnadh agus anam féin a chall."

I.—*Cha 'n 'eil an cosmhalaichd so a' toirt dhuinn foillseachadh air a' bheatha ata ri teachd.* Tha e nàdurra gu'm biodh iarrtus aig daoine air eòlas fhaotainn mu'n t-saoghal eile; facl cinnteach a chluinntinn mu thimchioll staid nam marbh. Tha cuid an dùil gu bheil am facl sin againn anns a' chosmhalaichd so. Ach cha 'n 'eil e furasd a chreidsinn gu bheil sin fìor, ged a thug cuid de na h-athrichean gnùis do'n bheachd. Ma ghabhas sinn gu litireil an lasair anns an robh an duine saoiùhir air a phianadh, feumaidh sinn broilleach Abraham a ghabhail gu litireil mar an ceudna, agus an còmhradh a bha eadar e fhéin agus an duine truagh. Ma tha sinn an dùil gu robh Criosd a' ciallachadh leis a' chosmhalaichd so, dealbh a tharruing air staid nam firean is staid nan aingidh, feumaidh sinn a chreidsinn gu bheil nàmh is ifreann cho dlùth d'a chéile 's gur h-urraimn luchd-àiteachaidh an dara h-àite seanchas a dheanamh ri luchd-àiteachaidh an àite eile, agus gur h-urraimn na naoimh truaighe nam peacach fhaicinn, agus na peacaich sonas nan naoimh. Ged a tha ar cridheachan féin cruaidh is neo-chaomhail gu leòir, cha 'n 'eil aon againn cho dona 's nach cuir cràdh is bròn is trioblaidean ar co-chreutairean air thalamh dragh oirm. Cha 'n 'eil sinn cho cruaidh-chridheach agus nach mill sealladh air cor brònach dhaoine eile ar sonas. Bhiodh e, mata, glé neònach na'm fàsadh daoine na bu chruaidhe 'n an cridhe an uair a theid iad do

nèamh, seach mar a tha iad air an talamh. Tha e duilich a chreidsinn nach bi daoine cho truacanta air nèamh agus a tha iad air thalamh. Ciod air bith a tha an cosmhalaichd a' ciallachadh cha n-urraimn sinn a h-uile facl dheth a ghabhail gu litireil—mar fhoillseachadh air a' bheatha ata ri teachd. Tha e, dà-rìreadh, a' teagasg na firinn, gu'm bi dealachadh eadar leithid Lasarus agus leithid an duine shaoibhir, agus gu'm faigh na h-uile a réir nan nithean a rinn iad 's a' bheatha so, ach tha sinn an dùil nach robh Criosd idir a' ciallachadh an cosmhalaichd a bhì air a ghabhail mar dhealbh air staid nam marbh.

II.—*Thàinig an duine saoiùhir gu crìch bochd a chionn gu robh a chridhe féineil is neo-chaomhail.* Bha e 'n a dhuine aig an robh gu leòir de'n t-saoghal. Neo-ar-thàinig nach robh meas air airson a chodach. Dh' fhaodadh e a bhì 'n a charaid do dhaoine a bu mhi-flortanaiche na e fhéin; dh' fhaodadh e buil mhaith a dheanamh de'n mhaoin a thug Dia dha. Ach a réir choslais cha do rinn e sin; cha robh smuain aige air duine o'n ghréin ach air fhéin; dh' ith e, is dh' ol e, is bha e sublach, gun iomradh air na còmharsnaich aig nach robh dad a dh' itheadh iad no a chuireadh iad umpa. Bha Criosd airson leud a leithid sin de spiorad a theagasg d'a luchd eisdeachd, is dh' innis e dhaibh mar a thachair do'n duine shaoibhir an déidh a bhàis. An uair a dh' fhàg e an saoghal chaill e na h-uile ris an robh a chridhe an ceangal, is cha robh ann ach truaghan bochd air taobh thall na h-uagha. Tha ainm Lasarus air a thoirt a steach do'n chosmhalaichd, cha 'n 'ann air a sgàth féin, ach a chum gu'n tilgeadh a naigheachd-san solus air neo-chaomhalaichd an duine shaoibhir. Cha robh leth-sgeul aige. Cha b' urraimn e a ràdh nach d' fluair e cothrom air feum a dheanamh d'a mhaoin. *B'e Lasarus cothrom an duine shaoibhir.* Ach cha do ghabh e an cothrom, leig e seachad e. Na'n robh comas labhairt aig bochdan an t-saoghail, theireadh iad—Bha sinn 'n ar sìneadh aig dorus an duine so, agus cha b' urraimn e dol a mach no steach gun ar faicinn, ach cha d' thug e riamh sùil oirm is cha d' fheòraich e mu ar cor. Cha d' thuirt Criosd gu robh an duine so 'n a dhuine ain-diadhaidh, no gu robh e ciontach do pheacadh gràineil sam bith. Is dòcha gu robh e car coltach r'a còmharsnaich. Rachadh e do 'n t-sionagag agus do'n teampull, is choimhead-eadh e an lagh mar a bha daoine eile a' deanamh. Ach ged nach 'eil peacadh sòmruichte sam bith air a chur as a leth, tha e soilleir gu

bheil Criosd a' ciallachadh leis a' chosmhalachd so, gu robh cridhe an duine fuar is neo-chaomhail is cho cruaidh ri creig. Cha 'n abradh eadhon aon neach uime—"Bha acras orm is thug e dhomh biadh, no bha mi lomnochd is chòmhdaich e mi, no bha mi a'm prìosan is chaidh e 'g am amharc." Agus air an aobhar sin, chaidh an duine saobhir a dhètheadh, agus a chuibhrionn a thoirt dha am measg na muinntir ris an abair an rìgh—"Gu dèimhin a ta mi ag ràdh ribh, a mhead 's nach d' rinn sibh e do'n neach as lugha dhiubh so, cha d'rinn sibh dhòmh-sa e. Imichibh bhuan."

III.—*Is ole an ni, cridhe fuar is spiorad féineil.* Tha iomadh firinn air a filleadh a steach 's a' chosmhalachd so agus iomadh leasan a dh' fhaodas sinn fhoghlum uait, ach tha e gu sònruichte a' teagasg nach 'eil esan a' taisgeadh ionmhais dha féin air nèamh nach 'eil a' deanamh feum ceart d'a mhaoin air thalamh—a tha cosg a shaoibhreis gu féineil agus gu faoin, gun smuain air cor truagh dhaoine eile. Cha deachaidh Lasarus do nèamh a chionn gu robh e bochd, ach a chionn gu robh spiorad ceart air a ghiùlan a dh' aindeoin a bhochdainn. Cha deachaidh an duine saobhir do ifreann a chionn gu robh e saobhir, ach a chionn nach robh cridhe blàth no maith aige a dh' aindeoin a bheartais. Cha robh e 'n a dheagh stiùbhard air an tìodhlac a thug Dia dha. Dh' fhaodadh an t-airgid a bhì 'n-a mheadhon beannachaidh dha fhéin agus do dhaoine eile, ach 'n a àite sin is ann a bha e 'n a mhallachd dha. Chruadhaich e a chridhe is rinn e féineil e. Dh' fhàs e fhéin reamhar is leig e le Lasarus an t-saoghail a bhì cluich. Mar bu reamhra a dh' fhàs e, is ann a b' fhuair e a dh' fhàs a chridhe gus mu dheireadh nach robh blàths no caomhalachd ann na's motha na tha ann an cloich. Cha 'n 'eil sinn a' ciallachadh gu'n coisinn duine nèamh le bhì caoimheil ri truaghain no le bhì cuideachadh nam bochd. Tha tuilleadh is caoimheas anns an diadhaidheachd. Cha 'n 'eil ann an caoimheas ach pàirt di. Faodaidh duine a mhaoin uile a chaitheamh a chum na bochdan a bheathachadh agus gun tairbhe sam bith a bhì ann dha. Ach ged a tha sin fìor, tha e fìor cuideachd nach mòr is fhìach an diadhaidheachd nach 'eil caomhail. Cha 'n 'eil i a réir inntinn Criosd. Bha blàths is caoimheas is co-fhaireachduinn 'n a chridhe-san. Mur bheil a spiorad-san againn, cha bhui sinn dha, agus b'e a spiorad-san—caoimheas a nochdadh do na h-uile, eadhon do na daoine neo-thaingeil is ole. Tha an duine aig am bheil cridhe fuar is féineil, fada fada o rìoghachd Dhé. Faodaidh e bhì glic gleusta, soirbheachail, cliùteach, ach theid na peacaich agus na cis-mhaoir a steach roimhe-san. Faodaidh sinn a bhì cinnteach gu bheil

sinn ann an slighe ar dleasdanas agus a' leantuinn ann an ceumanna Criosd an uair a dh' fheuchas sinn ri lotan Lasarus a leigheas. Cha tèamar duine mur bheil a chridhe ceart, agus cha 'n 'eil an cridhe ceart mur bheil e blàth, is caomhail, is truacanta, is naomh. As eugnha is maithreas cridhe cha 'n 'eil sonas a bhos no shuas. Far nach 'eil an gràdh, tha Criosd fada air falbh. "Tha fhios againn," ars' an t-Abstol Eoin, "gu'n deachaidh sinn thairis o bhàs gu beatha, a chionn gu bheil gràdh againn do na bràithrean." An uair a thig am bàs, is e an saobhreas is fhèarr is urrainn a bhì againn, *cridhe car coltach ri cridhe Criosd.*

TEARLACH GRANND.

Ged nach robh Tearlach Grannd 'n a shoisgeulaiche no 'n a shearmonaiche feumar 'ainm a chunntas am measg nan daoine a thug an soisgeul do na h-Innseann an Ear. Thug a' Ghàidhealtachd do Africa deagh charaid is deagh thìodhlac ann an Daibhidh Mac an Léigh, agus thug i deagh charaid do na h-Innsean an Ear. ann an Tearlach Grannd, duine a tha airidh air àite fhaotainn ann an cuideachd nau soisgeulaichean sin—*Carey, Martyn, Heber, Wilson, Duff.*

Rugadh e ann an 1746, ann an sgìreachd Urechdainn ri taobh Loch Nis. Aig an àm bha 'athair a mach leis a' Phrionnsa, ach roimh latha Chùil-fhodaig, fhuair e fhéin is deich ar fhichead d'a chompanaich cothrom tighinn gu baile, eum an leanabh a bhaisteadh. B'e sin an baisteadh! Thugadh ainm a' Phrionnsa air an leanabh; shìn na gaisgich an clàidhean trasd air a' chreathail, is thug fear as déidh fir dhiubh air an leanabh, breith air a chlàidheamh mar chomharra air dilseachd do'n Rìgh dhligheach. Ach cha b' ann do chogadh a choisrig Tearlach Grannd a bheatha, ach do aobhar na sìthe. An uair a thàinig e gu maith duine, fhuair e àite anns na h-Innsean an Ear o'n Choinunn a bha a' riaghladh na dùthcha sin, agus gu là a bhais bha a chridhe an ceangal ris na h-Innsean, agus bha a lamh 's a theanga 's a pheann ag oibreachadh gun sgur as leth an t-sluaigh. Bha e 'n a fhear-riaghlaidh glic agus dh' fhàg e làrach a làimhe air an dùthaich ann an iomadh dòigh, ach is e na rinn e ann an aobhar an t-soisgeil a chumas 'ainm air chuimhne gu bràth. O'n cheud là a chaidh e air tìr, 's a chunnaic e an dorchadas 's an t-aineolas anns an robh na h-Innsean, b'e dùrachd a chridhe an creideamh Criosduidh a thoirt do 'n t-sluaigh. Chruinnich e mu'n cuairt air daoine de'n aon inntinn ris fhéin, is bhros-

nuich e na h-Eaglaisean gus an obair a ghabhail os laimh. Tharruing e aire Shasuinn gu cor nan Innsean; lean e air sgrìobhadh gu Easbuigean is diadhairean is Comuinn Chrìosduidh aig an tigh gus nach b' urrainn iad an sùilean a dhùnadh na b' fhaide. Cha 'n 'eil ùine againn cunntas a thoirt air meud na h-oibre a rinn e, ach is leòir a ràdh gur h-e Tearlach Grannd a thug Carey is Màrtyn do na h-Innsean; gu'n do chuir e air an cois iomadh eaglais anns an dùthaich; gu'n do chùidich e saorsa a thoirt do na tràillean; gu'n do chuir e Wilson do Chalcutta, 's gu'n do chuidich e gu mòr le Wilberforce agus r'a chàirdean. Sgrìobh e aon uair gu aon de na soisgeulaichean—*Gu'm beannaicheadh Dia t-obair, 's gu'm biodh soirbheachadh agad ann a bhi craobhs-gaòileadh còlais air Crìosd, air fhacal, agus air a shlàinte. Tha sinn uile cho marbh agus cho dearmadach air na cothromannan a tha Dia a' toirt dhuinn 's gu bheil eagal orm gu'n tionndaidh e bhuainn mar a thionndaidh e o shluagh Israel. Tha mi an dòchas gu bheil Crìosduidhean fhathast ann am Breatunn, ach tha e coltach gu bheil iad meagh-bhlàth 's gu'n do chàill an creideamh a chumhachd. Gu'n ullaicheadh Dia luchd-oibre airson an fhoghair. Tha caraid agad annam-sa. Abair am facal is ni mi na's urrainn mi.* An uair a chuala Wilberforce naigheachd a bhàis, sgrìobh e, "Cha b' aithne dhomh duine riamh a b' fheàrr na Tearlach Grannd. Na'n d' fhuair e cothrom 'n a òige dh' fhaodadh e bhi cho ainmeil ann an litreachas 's a bha e ann an riaghladh. Bha a bheatha fòlaichte ann an Crìosd. Bha e cho fada os cionn an t-saoghail so, 's gu robh e daonnan ullaichte airson an t-saoghail eile. Is mòr an call a bhàs, ach tha e 'n a aobhar taingeachd gu'n d' fhàg Dia e gus an do chuir e an sìol anns na h-Innsean an ear, sìol a bheir a mach mòran toraidh."

LEABHAR CHEIST UR.

Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil fhios aig ar luchd-leughaidh gu bheil an seann leabhar ris an abramaid "Leabhar Aithghearr nan ceist" a nis air a chur a mach á mòran de na sgoilean anns an dùthaich, agus leabhar ùr air a chur 'n a àite. Bu mhaith leam crioman no dha de'n leabhar ùr a chur sìos air an duilleig so, los gu'm faicadh sibh gu bheil e glé fhreagarrach air son a bhi air a theagasg do chloinn, ach m'an dean mi sin faodaidh mi innseadh c'ar son a chaidh a chur a mach idir. Bho chionn iomadh bliadhna bha mòran dhaoine am beachd, agus gu sònruichte maighstirean-sgoile, gu robh

Leabhar Aithghearr nan Ceist ro dhuilich air son cloinne, agus bha iad ag ràdh nach robh a' chlann a' tuigsinn an treas facal dheth; ged a bha iad 'g a ionnsachadh air an teangaidh. Cha 'n 'eil mòran feum ann do dhuine no do phàisde rud nach tuig e a bhi aige, mar phiorraid, air a theangaidh. A thuilleadh air sin tha Leabhar Aithghearr nan Ceist a gabhail gnothuich ri nithean a tha 'n an diomhaireachd mhòr, nithean air a bheil am beachdan féin aig Prostanach is Pàpanach, is Eaglaisean eile. Na nithean a tha feumail airson slàinte shiorruidh, tha iad soilleir gu leòir, ach an taobh a mach bhuaith sin tha iomadh ni eile a bhuinneas do'n Chreideamh air am faod am beachd féin a bhi aig a h-uile duine is eaglais. Ann an 1904 dh' iarr Eaglais na h-Alba air na h-eaglaisean ath-leasaichte eile anns an dùthaich dol cruinn an ceann a chéile, a dh' fheuchainn an rachadh aca air leabhar simplidh a dhealbh a dh' fhaodadh a bhi air a theagasg anns na sgoilean do gach seòrsa cloinne, ciod air bith an eaglais d' am buineadh iad. Is e an leabhar so toradh an saothair, leabhar nach toir oibheum do dhuine air bith, oir cha 'n 'eil ann ach na firinnean mòra sin a tha uile Chrìosduidhean an t-saoghail a' creidsinn. Theagamh gu'n saoil cuid nach fheàird e sin dad, agus gu'm feum gu bheil e meagh-bhlath, a chiunn nach 'eil spiorad na h-aimfriteite agus na tapaid ann; ach tha sinn cinnteach gu'm bi daoine glie is rianail glé thoilichte nach 'eil sin ann.

Faodaidh sin cuid dheth a thionndadh gu Gàidhlig, a chum 's gu 'm faic ar luchd-leughaidh air an son féin co dhiu a tha no nach 'eil e freagarrach a theagasg anns na sgoilean.

CEISD—C'arson a tha feum againn air Slàn-
uighear?

FREAGRADH—Tha feum againn air Slàn-
uighear a chionn gu bheil sinn 'n ar peacaich.

CEISD—Ciod e peacadh?

FREAGRADH—Is e peacadh eas-umhlachd do
Dhia an smaoin, am facal, no an gnìomh.

CEISD—A' bheil Dia a' chluinntinn ar n-
ùrnighean daonna?

FREAGRADH—Tha Dia a' chluinntinn ar n-
urnighean daonna, agus 'g ar freagradh ann a bhi a' toirt dhuinn na nithean sin a chi e iomchuidh, 'n a ghliocas agus 'na ghràdh.

CEISD—Ciod a tha a' cheud àithne a' teagasg
dhuinn?

FREAGRADH—Tha a' cheud àithne a' teagasg
dhuinn, an àon Dia fìor aideachadh mar ar
Dia-ne, 's an t-àite is àirde 'n ar cridheachan a
thoirt dha.

CEISD—Ciod a tha an dara àithne a' teagasg
dhuinn?

FREAGRADH—Tha an dara àithne a' teagasg
dhuinn nach còir dhuinn aoradh a dheanamh do

iodhalan, no aoradh a dheanamh do Dhia gu neo-ionchuidh, ach gur còir dhuinn aoradh a dheanamh do Dhia o'n chridhe.

CEISD—Ciod a tha an treas àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an treas àithne a' teagasg dhuinn, gur h-e peacadh mòr a tha ann am miannan, is ann am miannan-eithich, agus gur còir dhuinn urram a thoirt do ainm Dhé agus do nithean naomh.

CEISD—Ciod a tha a' cheathramh àithne a teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha a' cheathramh àithne a' teagasg dhuinn gu'n d' thug Dia dhuinn sia laithean de'n t-seachduinn gu bhì deanamh ar n-obair, gu bheil aon là ri bhì air a ghleidheadh naomh gu fois fhaotainn is aoradh a dheanamh; agus tha Crìosduidhean a' gleidheadh naomh a' cheud là de'n t-seachduinn a chiom gu'n d' éirich an Tighearn Iosa o na mairbh air an latha sin.

CEISD—Ciod a tha a' chòigeamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha a' chòigeamh àithne a' teagasg dhuinn gur còir dhuinn gràdh, urram, umhlachd, is còmhaidh a thoirt d'ar pàrantan, 's gu bheil Dia a' toirt beannachd shònruichte dhaibhsan a ni sin.

CEISD—Ciod a tha an t-siathamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an t-siathamh àithne a' teagasg dhuinn gur h-e tìodhlac naomh o Dhia a tha ann am beatha duine, 's gur còir dhuinn naimhdeas agus mi-rùn a chuir uainn.

CEISD—Ciod a tha 'n t-seachdamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an t-seachdamh àithne a' teagasg dhuinn nach còir eas-urram a dheanamh air staid a' phosaidh, oir tha e naomh; 's gur còir dhuinn uile a bhì glan 'n ar smaoin, 'n ar cainnt, agus 'n ar giùlan.

CEISD—Ciod a tha an ochdamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an ochdamh àithne a' teagasg dhuinn nach còir dhuinn ni sam bith a thoirt o dhuine eile gu h-eucorach, 's gur còir dhuinn a bhì onorach, ceart, is treibhdhìreach anns na h-uile nithean.

CEISD—Ciod a tha an naoitheamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an naoitheamh àithne a' teagasg dhuinn nach còir dhuinn a radh mu dhaoine eile ach an fhìrinn, 's gur còir dhuinn a bhì cìramach mu dheagh chliù ar coimh-earsnaich.

CEISD—Ciod a tha an deicheamh àithne a' teagasg dhuinn?

FREAGRADH—Tha an deicheamh àithne a teagasg dhuinn nach còir dhuinn ar cridhe a leagadh air ni sam bith a bhuineas do neach

eile, 's gur còir dhuinn a bhì taingeil airson na nithean a tha Dia a' toirt dhuinn.

CEISD—Ciamar is còir dhuinn ar n-obair làitheil a dheanamh?

FREAGRADH—Is còir dhuinn ar n-obair làitheil a dheanamh gu dìchiollach, gu dìleas, agus gu togarrach, mar ann an sealladh ar n-Athar n-èmhaidh.

CEISD—Ciod e ar dleasdanas do Eaglais Dhé?

FREAGRADH—Is e ar dleasdanas do Eaglais Dhé gràdh a bhì againn dhi, pàirt a ghabhail 'n a h-aoradh follaiseach, is cuideachadh a dheanamh le h-obair aig an tigh agus air feadh an t-saoghail.

CEISD—Ciod e ar dleasdanas da 'r dùthaich?

FREAGRADH—Is e ar dleasdanas da 'r dùthaich urram a thoirt do 'n Rìgh, is dhaibhsan a tha ann an ùghdarras; umhlachd a thoirt do 'n lagh, a bhì deas gu obair a dheanamh airson maith an t-sluaigh, agus a bhì deas gu fulang air a shon sin, ma 's éigin e.

CEISD—Ciod e a' chrìoch àraidh a bu chòir a bhì againn ann a' bheatha so?

FREAGRADH—Is e a' chrìoch àraidh a bu chòir a bhì againn ann a' bheatha so, tighinn beò mar chloinn Dhé, 'ga gràdhachadh agus 'ga thoil-eachadh; a' deanamh seirbhis d'ar co-chreatairean, agus a fàs ann an coslas ar Tighearna Iosa Crìosd.

Chi ar luchd leughaidh nach 'eil teagasg 'ur sam bith anns an leabhar sò, ach chi iad cuid-eachd gu bheil na freagraidhean air an cur ann an dòigh anns an tùig clann iad. Cha 'n 'eil teagamh nach toir na Buird-sgoile cead do na maighstirean sgoile an leabhar uisneachadh. Tha meas mòr againn air Leabhar Aithghear nan Ceist, ach tha e ro dhuilich airson cloinne. An déidh a h-uile rud, ged a tha e cho cruaidh le Albannach thu thoirt beum do 'n *Charratch*, 's ged a thilgeadh thu innisg air a mhàthair, feumaidh sinn a chuimhneachadh nach 'eil clann air an deanadh airson leabhraichean cheist, ach leabhraichean cheist airson na cloinne.

LAOIDH 622.

DHIA, mu 'n dealaich sinn bi tabhairt
Dhuinn gu gràs-mhor, gràdh gun dìth;
Beannaich d' fhacal 'chaidh a labhairt;

Beatha builich oirn, is sìth;

'S nuair a thilleas sinn do 'n t-saoghail,

Biodh ar cridh' ad chomunn gaoil;

Thoir dhuinn stiùradh

'S dìon o chiùrradh,

Gus an ruig sin 'n lànachd mhòr

Do chuid naomh, gu h-àrd an Glòir. AMEN

INDEX

[The following text is extremely faint and illegible due to the quality of the scan. It appears to be a multi-column index listing various entries and their corresponding page numbers.]



ANN AN LA NA TRIOBLAID.

An ti as ionmhuinn leis an Tighearna smachdaichidh e.—Eabh. XII., 6.

An uair a thig trioblaid 'n an caramh tha mòran dhaoine a' tòiseachadh air saolsinn gu bheil gruaim air Dia riu, agus gu bheil e air bheil an tréigsinn. Bu mhaith leinn briatharan an abstoil a chur am an cuimhne nan daoine sin, an dòchas gu'm faigh iad misneach ùr bhupa an uair a bhios iad air an tilgeadh sìos.—*An ti as ionmhuinn leis an Tighearna smachdaichidh e.* Is e a tha an t-abstol a' ciallachadh, gur e smachdachadh, ann an dòigh shònruichte, cuibhrionn sluagh an Tighearna; gur combarradh e gu bheil Dia 'g an aideachadh mar a chlann. "Cò am mac nach smachdaich 'athair? Ach ma tha sibh as eugmhais smachdachaidh, an sin is clann diolain sibh agus cha chlann dligeach." Bu mhaith leinn mata, facal simplidh no dha a labhairt riusan d'a bheil e duilich shlighean Dhé a thuigsinn, an dòchas nach bi iad an dùil gu bheil ni neoghnathach a tachairt dhaibh, an uair a tha Dia 'g an dearbhadh le deuchainn theinntich.

Tha ionnadh rud goirt a thachras air daoine mu nach urrainnear a ràdh gur smachdachadh o Dhia e; duaisean na h-eucorach a tha sinn a' cosnadh dhuinn féin leis a' pheacadh. An uair a bheir duine am pairilis no an cuthach air féin le drongaireachd cha smachdachadh o Dhia na nithean sin idir, ach tuarsadal a' pheacaidh. Cha 'n urrainnear a ràdh na's mò gur smachdachadh o Dhia a tha ann an cion airgid, no ann an cudthrom na h-aoise, no ann an nithean eile de'n t-seòrsa sin, nithean a tha tuitean air clann-daoine, co dhiu a tha iad aingidh no diadhaidh.

Theirinn smachdachadh ri fulangas air bith a tha tighinn thugainn, cha 'n ann mar thoradh ar peacaidhean, no mar ni a tha leantuinn ar daonnachd, ach dìreach o làimh an Tighearna: fulangas nach d' iarr sinn, agus nach d' aobharaich sinn, agus nach b' urrainn duinn a sheachnadh. Tha e duilich do dhuine air bith a ràdh co dhiu is e smachdachadh a tha ann an ni ud no anns an ni ud eile ann am beatha duine eile, ach tuigidh fìor Chrisduidhean gu maith rùn an Tighearna ann am freasdal am beatha féin, oir "Tha rùn Iehobhah aig an dream d'an eagal e, agus ni e aithnichte dhaibh a chomhcheangal." (*Salm XXV., 14.*)

Cha 'n ann gun aobhar a chuireas Dia a shluagh fo dhoilgheas, ach a chum an glanadh o ole air chor-eigin a tha a shùil naomh féin a faicinn annta; a chum obair nan gràs a

neartachadh annta; no theaganh a chum an gairm air ais o'n seachranaibh. Tha fìchead peacadh ag iadhadh umainn uile gun sgur; féinealachd, uabhar, saoghaltachd, faoineas, ana-miannan na feòla; nithean a dh' fheumar a ghlanadh asainn le teine mur bheil dòigh eile air an dealachadh bhuainn. Ma tha Dia a' tilgeadh bun os cìom an tigh a thog sinn air a' ghainnibh is ann a chum agus gu'n tog sinn tigh ùr agus tigh is fhèarr air a' charraig nach gabh carachadh. Ma tha e a' toirt bhuainn ni air chor-eigin d' an do rinn sinn iodhol is ann a chum an saobhreas ceart a thoirt dhuinn 'n a àite.

Tha sinn an dùil gu bheil e fìor gu bheil Dia air uairean a' smachdachadh aon neach ann an teaghlach a chum buamaich a thoirt do chàch. Thubhairt Iosa mu'n duine a bha dall gu robh e air a bhreith dall, "a chum gu'm biodh oibre Dhé air an foillseachadh ann." Nach tric a tha obair Dhé is cumhachd Dhé air am foillseachadh le neach, a tha air a shìneadh air a leabaidh fad bhliadhnachan! Tha a choimhearsnaich agus a theaghlach a' faicinn toradh a cluaidimh ann an Dia, a' faicinn fhaighidinn agus a thaingealachd, agus a shith iomlan, agus leis na nithean sin tha an eridheachan féin air an tàladh gu Dia.

Tha trioblaid a' teagasg do dhaoine ionnadh rud nach tuigeadh iad air dhòigh eile, ach is e an rùn sònruichte a tha anns an t-sealladh aig Dia ann a bhì smachdachadh a chloinne gu'm fàsadh iad ann an eòlas air féin, ann an eòlas air a nàdur agus a shlighean agus a thoil d'an taobh. Nach tric a tha e tachairt nach éisd daoine ri guth an Tighearna gus an labhair e le guth smachdachaidh? Cho fhad agus a tha e a' labhairt riu ann an guth caol cùin cha 'n éisd iad, ach ann an là na trioblaid bheir iad fanear a ghuth, oir is e a tha ann an smachdachadh Dia a' labhairt ruinn le guth àrd.

Their an saoghál, "Is beannaichte iadsan air nach tig àmhghar," ach is e a tha Crìosd ag ràdh, "Is beannaichte iadsan a tha ri bron." An àite smachdachadh a bhì 'n a chomharradh air fearg Dhé is ann a tha e 'n a chomharradh air a ghràdh; 'n a chomharradh nach d' thug Dia thairis sinn, ach gu bheil e a' buntainn ruinn mar chloim. Cha bu mhaith dhuinn a h-uile ni fhaotainn daonna mar a bu mhaian leinn. Fhuair Moab suaimhneas o 'òige, ach ma fhuair, cha b' fheàrr e sin dad, oir tha am fàidh Ieremiah ag ràdh uime, "Air an aobhar sin mbair a bhàs ann, agus cha d' atharraicheadh fhàile." Tha smachdachadh an Tighearna 'n a mheadhon air daoine

a dhearbhadh. Cho fhad agus a tha cùisean a' dol gu maith leinn, agus ar làithean a' riuth gu sàmh ciùin, faodaidh sinn a bhli gun mhòran eòlais air ar cridheachan féin, agus faodaidh sinn a bhli saoil sinn gu bheil earbsa againn ann an Dia nach 'eil againn idir. Ach ann an là na trioblaid gheibh sinn a mach cìod is fhiach ar creideamh, agus co ann a tha ar dòchas. An uair a tha cridhe duine air a leòn is beag feum a tha ann dha ann an creideamh na cluaise; is e an t-aon ni is urrainn a thogail suas agus a mhisneach ùrachadh fiosrachadh pearsanta a bhli aige air co-chomunn Dhé. "Le èisdeachd na cluaise chuala mi thu, ach a nis chunnaic mo shùil thu."

Ged nach 'eil smachdachadh sòlasach, tha ni ann as mìosa na smachdachadh. B' fheàrr do dhuine a chridhe a bhli air a bhriseadh seach e bhli cho cruaidh ri creig. B' fheàrr do dhuine buillean an uird fhulang seach a bhli air a thilgeadh seachad mar chloich gun fheum nach gabhadh cur ann an teampull Dhé. Cìod air bith na trioblaidean a thàinig no thig oirnn cha d' thàinig agus cha tig iad gun fhios do Dhia. Cha tigeadh iad idir mur biodh feum orra. Cha 'n 'eil Dia 'g ar goirteachadh gun aobhar, ach a chum 's gu'm bi sinn air ar naombachadh agus air ar n-uidheamachadh air son a sheirbhis agus a' rìoghachd féin. Ann an là na trioblaid, mata, biodh deagh mhisneach againn agus biodh am facal so 'n a lorg agus 'n a thaic duinn, *An ti as ionmhuinn leis an Tighearna smachdaichidh e.*

DUTHAICH NEONACH.

Bu mhaith leam, a leughadair, naigheachd inmseadh dhuìt mu dhùthaich neònach, naigheachd a dh' fhaodas iongantas a chur ort, ach cuimhnich nach sgeul gun urrainn i idir. Is e m' urrainn air son na leanas duine creideasach a tha annis marbh, Somhairle Thòmais. Bha Somhairle 'n a dhuine fìrinneach; bha feusag liath air, agus cò a chreidear mur creidear duine air a 'leil feusag liath! Theireadh a mhàthair gu robh seangan 'n a bhriogais, ach is fheàrr do dhuine seangan 'n a bhriogais seach seillean 'n a bhoineid. Is e a bha a mhàthair a' ciallachadh, nach b' urrainn Somhairle suidhe no seasamh mionaid ann an aon àite; gu robh e luasganach sìubhlach, ag iarraidh seallaidhean ùra is ionaltradh ùr gach latha.

An uair a bha e 'n a dhuine òg chaidh e thairis do dhùthaich chéin. Bha e ris a' chloibaireachd, ach glé bhitheanta an uair a rachadh e a mach air cheann a ghnòthuich cha b' ann air na caoraich a bhli a shùilean ach air srèath de bheanntan mòra a bha ag éirigh

anns an àirde deas air. Thòisich e air smuaineachadh cìod a bha air chùl nam beann sin; bhruidhinn e ri clobairean agus ri ionadh duine eile umpa, ach cha b'urraim iad forhlais air bith a thoirt da, oir tha e coltach gu robh abhainn chas a' ruith aig bun nam beann, agus gu robh e air a mhonmur am measg dhaoine nach deachaidh duine riamh ann an abhainn sin a thàinig aise beò. Cha do rinn sin ach Somhairle a dheanamh na bu diòrasaiche na bha e riamh; dh' fhan e gus an d' fhuair a mbaighstir na caoraich a rùsgadh, ach an sin thug e suas 'aite agus chuir e 'aghaidh air an àirde deas gus fhaotainn a mach cìod a bha air chùl nam beann.

Thàinig Somhairle as an abhainn beò agus chaidh a thairis air na beanntan, ach na chaidh, cha b'ann gun saothair agus cruadal fhulang a theab a bhodhig a mharbhadh ged nach do bhris iad a thoil. An déidh làimhe cha bu toigh leis féin mòran a ràdh mu'n chuid so d'a chuairt; rachadh fheòil air chrith an uair a bheireadh e tarruing idir air na gabhaidhean anns an robh e, agus mar sin faodaidh mise leum thairis orra agus tighinn gu toiseach mo sgeòil.

An uair a dhùisg e anns an dùthaich ùr a bha air taobh thall nam beann (tha e coltach gu'n deachaidh e ann am paiseanadh le buille a fhuair e) b'e a' cheud rud a chunnaic e gobhair ag ionaltradh r'a thaobh agus dà chailleag cho bòidheach 's a chunnaic e riamh 'g am buachaillleachd. An uair a chunnaic na caileagan e chuir iad na buinn rithe agus theich iad mar gu'm biodh teine air an eraicinn, no mar gu faiceadh iad tamhasg. Ann an ùine ghoirid thàinig iad air an ais agus seachdnar fhear còmhla riu, agus bogha is saighead an làimh gach fir. Shaoil Somhairle gu robh iad a' dol 'g a mharbhadh, ach an uair a chunnaic iad nach robh ole air bith 'n a bheachd féin bha iad càirdeil gu leòir.

Chuir coltas Shomhairle iognadh mòr orra, agus an uair a thug iad a steach do'n bhaile e cha robh duine anns a' bhaile nach robh a mach aig na dorsan, a' spleuchdadh le iongantas air coltas a' choigrich. Thug iad air beulaobh a' bhreithimh e agus dh' iarr am breitheamh a chumail greis anns a' phrìosan gus an faiceadh iad cìod a bha r'a dheanamh ris. Bha e air a dheagh bhiathadh; dh' fhàs e féin agus nigheannan an fhir a bha a' gleidheadh a' phrìosain anabarrach mòr aig a chéile, agus dh' iomsaich e bhupa dòighean agus cleachdanna na dùthcha. An ceann greis leig iad mu réir e, ach dh' fhàs e cho gaolach air na daoine agus air an àite 's gu'm b' fheàrr leis fantuinn ann seach dol air ais am measg a dhaoine féin.

Fhuair e aoigheachd ann an teaghlach gasda; duine còir aig an robh bean cho còir ris féin agus dithis nighean. Ann an cuid de rudan

bha iad fada air dheireadh oimne, ach ann an rudan eile bha iad fada air thoiseach. Theab iad tuiteam le gaireachduinn an uair a chunnaic iad Somhairle a' gabhail toit de'n phìob, agus a réir choslais, cha chual iad ionradh riamh air là an Tighearna. Ged nach robh Somhairle a' gabhail air a bhì diadhaidh bha urram aige do'n t-Sàbaid, agus bhiodh e a' cur seachad an là gu sàmhach sòluinte a réir gnàths 'aithrichean. Bha e a' cur ioghnadh mòr orra gu dé a bha toirt air sin a dheanamh, ach mu dheireadh chomb-dhùin iad gu robh crosdachd air chor-eigin a' tighinn air uair 's an t-seachduinn agus gur e sin a bha toirt air stad d'a obair.

Uair a bha an cnatan air agus droch casd aige chuir e ioghnadh mòr air nach robh nigheannan an tighe idir cho faireachdail ris agus a shaoil e a bhith eadhail iad, agus iad 'n an creutairean bàigheil coibhneil gu nàdurra. An àite a bhì mùirneach uime agus e tinn, is ann a ghabh, iad fearg, agus thuir e iad ris gu robh e dalma dha ionradh a dheanamh air cnatan 'n an éisdeachd-san. Chuir so iongantach nach bu bheag air, ach chuir e iongantach na bu mhò air fad air an uair a dh' innis té dhiubh dha, gu robh a h-athair a' fulang gu mòr le droch ghalaire; gu'm biodh droch ghreisean de'n mhì-onoir a' tighinn air. An toiseach cha b' urrainn Somhairle na nithean sin a thuigsinn, oir cha robh ach prabadh dona aige de chainint na dùthcha, ach mu dheireadh thuig e gu robh dòighean nan daoine ud calg dhìreach an aghaidh ar dòighean-ne a thaobh easlainte a' chuirp agus a' chridhe. Bha iad a' cumantas easlainte cuirp 'n a nì nàrach, toillteannach air peanas cruaidh, agus mar sin cha'n innseadh duine air bith gu robh e tinn, air eagal gu'n rachadh a chur anns a' phrìosan. Air an làimh eile cha robh nàire air bith orra nithean diomhair an anama (nithean a cheileas sinne) innseadh do eòin an adhair. Cha robh e modhail do dhuine fheòraich de dhuine eile ciamar a bha e, agus an àite a chéile fhàilteachadh mar a nì sinne, so mar a labhradh iad an uair a thachradh dithis dhiubh:—

A.—*Tha mi an dòchas gu bheil thu maith an diugh?*

B.—*Cha 'n 'eil mi ach glé mheadhonach; tha teumannan a' tighinn fodham breugan innseadh.*

A.—*Tha mise duilich, a buochain, air do shon; eùin a dh' fhaireich thu an donas a' dol annad.*

B.—*Tha e annam a nis o chionn seachduinn; Di-màirt theab mi poca buntata a ghoid; Di-ciadaoin bha mi na bu mhiosa agus thàinig e 'n an chridhe fear de mo choimhearsnaich nach toigh leam a mhort, ach chuir a' bhean a luidhe mi agus chuir i fos air an dotair-chridhe, agus tha mi a nis na's fheàrr; cha 'n 'eil ceàrr orm ach gaol nam breug.*

A.—*Agus ciamar a tha do bhean?*

B.—*Tha ise, an truaghan, a' fulang le droch ghreim de fharmaid, ach tha i dol a chumail a sealladh dhaoine gu an téid i na's fheàrr.*

A h-ùile latha bha mòran dhaoine a' tighinn a dh' fhaicinn Shomhairle, agus 'g a cheasnachadh mu'n dàthaich as an d' thàinig e, acli leis nach robh e furasda dha an tuigsinn bha e a' fàs car sgèth dhiubh, agus aon latha an uair a dh' fheòraich boirionnach reamhar dheth an robh gean maith air thuir e gu cas crosda nach robh. Cha luaithe a bha am facal a mach as a bheul na bha aithreachas air, oir chunnaic e gu robh e mìomhail dha bruidhinn ri boirionnach gu neo-shìobhalta, eadhon ged a bha i reamhar fhéin, ach an àite fearg a ghabhail no a bhì air a goirteachadh le caise a' choigrich, is ann a thionndaidh i ris gu caomhail faireachdail, a' tairgsinn dha flùraichean a chuireadh e r'a shròin agus rudan uilis a chuireadh e 'n a bheul, agus gach rud eile a bha i a' saoilinn a dh' fhògradh gruaim agus a mheudaicheadh gean. Tha e coltach gu'n d' innis am boirionnach gu robh droch shuand air, oir an ath mhaduinn m'an d' éirich e bha seachd no ochd de na coimhearsnaich aig an doras a' feòraich an d' fhallb an droch ghean a bha air.

An àite a bhì faighidinneach is truaicanta ri daoine tinne mar a tha sinne tha e air a cumantas 'na rud nàrach agus 'na chionta mòr ann am Biodigò (b'e Biodigò ainm na dùthcha) tuiteam ann an easlainte. Ma thuiteas duine ann an droch shlàinte no ma chailleas e a chàil 's a neart na ruige e tri fhead 's a deich, tha a choimhearsnaich a' sealltainn sìos air, agus is maith a dh' éireas da mur cuirear auns a' phrìosan e. A réir nan laghaman a tha aca, tha peanasan sònruichte air an cur a mach air son gach seòrsa galair, dìreach mar a tha sinne a' peanasachadh gach seòrsa cionta; tapaid, is daorach, is meirle, is mort. Gun fhios nach ann a theid thu féin, a leughadair, do Bhiodigò fhathast, faodaidh mi cuid de na peanasan a tha iad a leagail air daoine tinne a chur sìos air an duilleig so, los gu'm bi thu 'n ad earalas:—

AN TINNEAS.

AM PEANAS.

<i>Greim-lòinidh.</i>	<i>Tri mìosan prìosain.</i>
<i>Cnatan no Fuachd</i>	<i>Deich tasdain de chàin.</i>
<i>An Triuth no Ghriuthach.</i>	<i>Crùn Càin air pàisd-ean is deich tasdain fhichead air daoine mòra.</i>
<i>Galair-cléibh, Beul-mhaothain,</i>	
<i>Greim-mionaich, Losgadh - bràghad, no droch ghrùthan.</i>	<i>Seachduinn prìosain.</i>

*Na Fiabhruis, a' Bliadhna prìosan is
Bhrac, a' Bhuidh- càin a réir inbhe
each, agus an Tinn- an duine thinn.
east-tuiteamach.*

Ma ruigeas duine còig is trì fichead m' an toisich a léirsinn no chlaisteachd air dol an ais cha 'n 'eil iad cho trom air 's a bhitheadh iad na'n do chaill e iad na b' òige, ach tha iad anabarrach trom air daoine air a bheil siataig no aillse, no tinneas-criteanach, no caitheamh. Bha Somhairle Thomais anns a' chùirt là a bha duine truagh air an robh a' chaitheamh air fheuchainn air beulaobh Siorram is Diùraidh. Thugadh dha deuchainn cho cothromach 's a b' urrainn prìosanach fhaotainn; bhruidbinn fear-lagha as a leth, ag ràdh nach robh a' chaitheamh air an duine idir ach gu robh e a' leigeil air gu robh a' chionn gu robh e a' feuchainn ris a' char a thoirt a' bodach a' pheansoin agus airgid fhaotainn bhuaith le ceilg. Na'n deachaidh aig an fhear-lagha air so a dhearbhadh agus toirt air an Diùraidh a chreidsinn gur e an fhirinn a bha anns na thubhairt e, gheibheadh an duine ma réir gun smal air bith air a' chliù. Ach cha do chreid an Siorram agus an Diùraidh na thuirt am fear-lagha as a leth; bha sin duilich dhaibh, oir bha an duine a' casdaich gun sgar agus neul na h-easlainte air 'aodam. Fhuair an Diùraidh an duine ciontach, agus an uair a thug iad a stigh a' bhinn sin, labhair an siorram ris a' phrìosanach mar so:—

“A dh'ine òig, fhuair thu an diugh deuchainn chothromach air beulaobh Diùraidh d' ad luchd-dùthcha air son a' chionta oillteil a bha air a chur as do leth, agus tha an Diùraidh gu h-aon-sgeulach de'n bheachd gu bheil thu ciontach. Bin binn a tha ceart, agus ged a bu mhaith leam-sa tròcair a nochdadh dhuit agus thu cho òg, tha eagal orm nach gabh ceartas an lagha a riarachadh gun thu bhi air do pheanasachadh gu trom. Cha 'n e so a' cheud uair a thàinig tu air mo bheulaobh; o chionn bhliadhnanachan bha thu a' tuitean gun sgar ann an cionta; an uiridh bha thu dona le cuing is cion analach; roimhe sin bha leum-droma is fiabhrus-lòinidh ort, agus ged nach 'eil thu ach còig bliadhna fichead bha thu cheana deich uairean anns a' phrìosan air son thinneas an a' ghabh thu. Na'n leiginn do leithid-sa ma réir, bhithinn a' toirt gnùise do sheòrsa dhaoine a tha a nis a' togail an cinn 'n ar measg, droch dhaoine ris an abrar lighichean, daoine a tha ann an co-bheinn ri cumhachdan an dorchadais, agus a tha a' mealladh an co-chreutairean le stuthannan nimheil nach 'eil Crìosdail. Mar sin bidh tu air do chumail ann am prìosan an còrr d' ad hheatha.”

Ach mur bheil muinntir Bhiodigò a' fulang dhotairean tha iad a' fulang seòrsa eile a tha gabhail an àite, daoine ris an abair iad *blanndairean*. Cha ghabh na blanndairean

gnothuch ri eucailleat a' chuirp, oir is e an dreuchd-san aingidheachd a' chridhe a chumail sìos. Theaganh gu'n cuir duine a tha buailteach do bhreugan no do mheirle fios air a' bhlanndaire uair no dhà 's an t-seachdainn, agus tha e coma ged a bhiodh fhios aig na coimhearsnaich gu bheil e ann an làmh an a' bhlanndaire, oir cha 'n 'eil sin 'n a thamailt air bith ann am Biodigò. Cha 'n 'eil e air a chunntas tàmailteach ann am Biodigò am blanndaire a bhi tadhall tìghe na's mò na tha e air a chunntas 'n ar measg-ne an dotair a bhi 'g a thadhall. Ma thachras gu'n goid duine cuid a choimhearsnaich, no gu'n cuir e tìgh a choimhearsnaich air theine, no gu'n dean e rud-eigin eile de'n t-seòrsa sin, a tha sinne anns an dùthaich so a' cumntas 'n a rud nàrach agus 'n a' chionta, bheirear air falbh e do thigh-eiridinn far an seallar as a dhéidh gu caomhail agus gu gràdhach, agus far am faigh e gach comhfhurtachd air chosdus na dùthcha gus an téid e na's fheàrr. Ma tha e ann an suidheachadh maith theaganh nach téid e am measg nan cumantach do'n thigh-eiridinn, ach gu'n cuir e fios air blanndaire d'a thigh fein, agus gu'n innsear an sin d'a choimhearsnaich gu'n d' fhairich e droch spang de neo-mhoraltachd, agus nach bi e sàbhailte a leigeil am measg dhaoine gus am bi an donas air a chur a mach as. An sin théid a chàirdean 'g a amharc agus feòraichidh iad dheth car de na ceart cheistean a bhios sinn féin a' cur air daoine tinn; feòraichidh iad a bheil fada o thòisich na droch ana-miannan ann; ciamar a nochd iad féin an toiseach; an robh an neo-mhoraltachd dùthchasach dha, agus ceistean eile mar sin.

Tha muinntir Bhiodigò a' pàigheadh nam blanndairean dìreach mar a tha sinne a' pàigheadh nan dotairean; bheir iad dhaibh gini òir gach uair a chuireas iad fios orra. Cha 'n e sin a mhàin ach fosglaidh iad an inntinn 's an cridhe dhaibh agus cha cheil iad eucailleat an anama orra na's mò na cheileas sinne air an dotair e' àite a bheil sinn goirt. Mar so tha na blanndairean a' faotainn cothrom air na daoine a leigheas nach 'eil ministearan a' faotainn anns an dùthaich so, oir is annamh duine a dh'innseas do'n mhinistear gu bheil iartus aige dol a ghoid no gu bheil saunt aige air cuid a choimhearsnaich. Tha na blanndairean air an teagasg fad chòig bliadhna ann an Oil-thigh na Mì-chéill, agus an uair a thug iad a mach as a sin tha ainm aca air gach galair is urrainn tighinn air cridhe no anam mhic an duine, air chor agus gur h-urraim daibh ainm a chur air rud air bith a tha cur ort. Leanaidh muinntir Bhiodigò riaghailtean is combhairlean nam blanndairean a cheart cho cùramach 's a leanas sinne òrdugh an dotair.



DOMHNUL NAN DAMH.

An cual thu riamh, a leughadair, mu Dhomhnul nan damh? Mur cuala, innsidh mise dhuit uime.

Bha Dòmhnul is trìuir choimhearsnach ann am pàirt mu fheurach. Cha robh aca-san ach dà dhamh am fear, ach bha ceithir aig Dòmhnul, is bhiodh iad daonnan a' gearan air gu robh e ag itheadh an cuid feòir. Ach cha robh Dòmhnul a' leigeil air gu robh e 'g an cluinntinn. Mu dheireadh thall chuir iad romhpa dubhan a chur 'n a shròin agus dithis de na daimh aig a mharbhadh. Is ann mar sin a bha; là de na làithean agus Dòmhnul air dol a dh'fhaicinn an robh na daimh reambar fachraidh dithis dhiubh air, marbh. Mata, ars' esan ris féin, bu mhòr sibh agus bu cheutach sibh, ach mur gabh sibh reic gabhaidh sibh feannadh co dhiu. Dh'fheann Dòmhnul na daimh, agus an ceann greis, thog e air do'n bhaile mhòr a reic nan seicheannan. Rug an oidhche air m'an do ràinig e am baile mòr, ach rinn e leaba dha féin aig bonn creige, agus na seicheannan m'a cheann. Ann am beul an latha chual e stioram-staram air na seicheannan cruaidh is dhùisg e. An uair a dh'fhosgail e a shùilean bha druid gheal a' suathadh a guib air na seicheannan: chuir Dòmhnul a mach a làmh is rug e oirre.

M' an deachaidh e fad air aghaidh thachair duine-usal air agus thuirt Domhnul ris, "A dhuine chòir am bu mhaith leibh eun geal a cheannach, eun a nì fiosachd, nach innis breug agus nach ceil an fhìrinn?" "Bu mhaith gu dearbh," ars' an duine-usal. Anns a' mhionaid sin fhein thoisich an druid air feadaireachd. "Gu dé air an t-saoghal a tha i ag ràdh," ars' an duine-usal. "Tha," arsa Dòmhnul, "gu bheil sibhse a' dol 'g a ceannach agus gur fhiach i dà cheud bonn òir." "Tha fiosachd aice da-rireadh," ars' an duine-usal: "tha e gun teagamh 'n am bheachd a ceannach, ged nach robh fhios agam gu dé a bu chòir domh a thairgsinn duit oirre: ach gabhaidh sinn i aig a facal fhéin."

Cheannaich an duine an druid agus thug e dhachaidh i, ach cha do rinn i fiosachd eile riamh roimhe no 'na dhéidh.

An uair a bha Dòmhnul a' cur an òir anns a' chistidh an déidh dha tilleadh as a' bhaile mhòr cò a thàinig a steach ach na coimhearsnaich a mharbh na daimh air! "Gu dé an sgeul as ùire a thug thu às a' bhaile mhòr," arsa fear de na coimhearsnaich ris. "Tha," arsa Dòmhnul, "nach 'eil meas no prìs air feòil idir ach prìs uamhasach air seicheannan;

is ion fortain do dhuine an dràs dol do'n mharbhadh le seiche."

An oidhche sin mharbh coimhearsnaich -Dhomhnul na daimh aca féin, agus m' an d' éirich grian bha iad air falbh do'n bhaile mhòr agus na seicheannan air an guaillean.

An uair a ràinig iad am baile thoisich iad air gladhach àrd an cinn,

Seicheannan ùra is seicheannan maith!

Cò a cheannaicheas seiche daimh!

Ach cha robh seiche daimh a dhìth air duine, agus cha robh aca air son an gladhach ach gu'n do chruinnich sgaoth de chlann a' bhaile mu'n cuairt orra, agus gu'n do thòisich iad air gladhach còmhla ri u.

Seicheannan sean is seicheannan grad!

Cò a cheannaicheas adharc mairt!

An uair a chuannaic iad gu robh muinntir a' bhaile a' gaireachduinn agus a' magadh orra thuig iad gu'n d' thug Dòmhnul an car asda agus thill iad dhachaidh.

Sin agad, a leughadair, an naigheachd a chuala mise mu Dhòmhnul nan damh, ach ma dh'fheòraicheas tu dhìom a bheil mi féin 'g a creidsinn, iarraidh mi ort mo lethsgul a ghabhail oir cha bu mhaith leam droch fhreagairt a thoirt ort. Ma's breug bhuam i is breug thugam i; ach co dhiu is breug no firinn i, is gasda leam a bhi a' cluinntinn mo dhruideacha geala a nì fiosachd.

Tha e dùilich a ràdh ciod a tha seann naigheachdan de'n t-seòrsa so a' ciallachadh. Their Philistich an t-saoghail nach 'eil iad a' ciallachadh dad; nach 'eil annta ach dramsgul is glòramas gun tùr a bha air a chur r'a chéile le daoine gun ealain gun sgoil. Ach an cual thusa riamh, a leughadair, an fhìor Ghàidhlig air *Philisteach*? Mur cuala, innsidh mise sin duit. Bha fichead ainm aig na daoine còire o'n d' thàinig sinn, air an duine ris an abrar Philisteach: theireadh iad ris *amhlair*, is *stalcaire*, is *buamastair*, is *bumalair*, is *cladhaire*, is *blaomaire*, is *burraidh*, is *mògaire*, is *plaide*, is *ruapais*, is *sgumalair*, is *unpaidh*, is *trusdar*, is *sgleapaire*, is *sglamhaire*. Faodaidh tu, mata, a bhi coma ciod a their na Philistich mu Dhòmhnul nan damh no mu naigheachdan eile de'n t-seòrsa sin, oir cha dùth do'n chladhaire amas air an fhìrinn. Cha mhò a chi sùil an trusdair nithean diòmhair is maiseach.

Cha 'n 'eil na seann sgeulachdan cho faoin no cho gòrach 's a tha mòran dhaoine an dùil: tha neamhnaidean de ghliocas air am folach annta nach fhaighear ann am beul nam feallsanach: agus co dhiu is toigh leinn ruamhar

a dheanamh air thòir gliocas no nach toigh, is toigh leinn uile sgeul a chluinntinn air an tìr ud thall anns a bheil ùbhlán òir is druideacha geala.

Theagamh gu robh cuid de na seann naigh-eachdan so air an cur an altaibh a chéile a chionn gu robh ar n-aithrichean a' gabhail tlachd ann a bhi leigeil ruith le mac-meamna an imtinn, agus a chionn gu'm bu toigh leo sgrìob a ghabhail an dràs 's a rithist do shaoghal a b'fharsuinge na lub a' gheòidh. Ach cìod air bith an saoghal anns a bheil iad a' gluasad tha brìgh is gliocas annta daonnan, eadhon ged nach amais na Philistich air sin fhaicinn, agus tha iad ag iarraidh oirnn breugan, is ceilg, is sannt, is naimhdeas, a sheachnadh; agus firinn, is ceartas, is sìth a ghràdhachadh agus a leantuinn.

Mur robh Dòmhnall nan damh riamb ann tha iomadh Dòmhnall ann a tha glé choltach ris. Tha facal Dhé ag innseadh dhuinn gur e gaol an airgid freumb gach uile, agus cha 'n 'eil anns an naigheachd so ach searmon beag air a' cheann-theagaisg sin. Tha i a' diomaladh dhaoine sanntach, a' toirt rabhaidh dhuinn gu bheil a pheanas féin an lorg gach uile, agus gu'n tig an car uair-eigin á gille nan car.

Tha trì seòrsachan dhaoine air an cur far combair anns an sgeulachd so, ach ged nach 'eil gin dhiubh gun mheang tha cuid dhiubh is theàrr na càch. Is iad na seòrsachan sin:—

(1) Duine gun ghò a bha bog.

(2) Duine gleusta deas-bhriathrach a bha car.

(3) Duine farmadach a bha naimhdeil.

I. Tha mi 'g an cur anns an òrdugh anns an còir daibh seasamh a thaobh am martheis. Cha robh anns an duine-usal a cheannaich an druid ach leth-phlaide; daor bhurraidh, ach is ann da féin a bha a chall sin agus cha b' ann do dhuine eile. Chreid e na breugan a dh'innis Dòmhnall nan car dha ann an dòigh cho dealbhach, ach is suarach an fhàiling e ann an duine gu bheil e ro dheas gu facal dhaoine eile a chreidsinn. Tha e na's fheàrr do dhuine a bhi ro earbsach na bhi ro amharusach, agus ged a chaill an duine ud dà cheud bonn òir, gun dad aige air a shon ach druid bhalbh b' fheàrr leam a bhi 'n a chòta aig deireadh 'an latha na bhi ann an còta Dhòmhnall. Cha 'n urrainn duit a bhi ro throm air duine nach deanadh cron d'a choimhearsnach air son na chummaic e riamb, no do dhuine eile, ged a dh'fhaodas e a bhi car bog is socharach is amaid-each dha féin. Faodaidh duine a bhi seòlta gu leòir gun a bhi amharusach; faodaidh e a bhi gun ghò gun a bhi 'n a ghaotharan. Ma chreideas tusa, a leughadair, na chluinneas agus na leughas tu creididh tu iomadh uair na dearg bhreugan; ma bheir thu géill do rolaistean agus do sgeamlain nan seòid a thachras

ort aig an Fhaidhir Mhuilich thig thu dhachaidh gu d' mhnaoi là air chor-eigin agus druid gheal fo d'achlais, no each gun fheum air thaod agad, mar a dh'eirich do mhinistear Chille-pheallaig. Agus an uair a ni thu sin cò a theireadh ri bean-an-tighe gu'm b' olc a rinn i ged a theireadh i dhuit droch sgràilleadh d'a teanga! Tha mùghadh mòr eadar a bhi gun ghò agus a bhi gun tìr, agus mur bheil tomhas cuimseach de thìr ann an duine cha mhòr is fhiach e. Cha mhisd neo-lochdas a' chalumain a bhi air a mheasgadh le boinne beag de sheòltachd na nathrach. Is suarach an teisteanas e air duine, gu bheil e furasd an car a thoirt as, no gu'n creid e rud nach 'eil coltach a chionn gu'n d'innseadh dha e leis an fhear ud 'no leis an té ud. An uair a chluinneas tu daoine ag ràdh mu dhuine air chor-eigin air a bheil iad a' bruidhinn, gu bheil a chridhe na's fheàrr na cheann cha 'n 'eil an sin ach dòigh shìobhalta air a ràdh gu bheil e car faoin is bog. Cha 'n 'eil ann an duine gun phongalachd ach leth-duine. Tha mi daonnan duilich air son mhnathan nach 'eil cinnteach latha 's a' bhliadhna nach tig an duine aca dhachaidh agus druid gheal aige a ni fiosachd.

II. Ged nach gabh Dòmhnall nan damh a mholadh cha 'n urrainn duit gun cail-eigin de mheas a bhi agad air a sheòltachd agus a ghleustachd. Rinn e a' chuid a b' fheàrr de'n chuid a bu mhiosa an uair a thàinig call codach air; agus an àite suidhe sìos a chaoineadh nan damh chuir e 'uchd ris a bhruthach agus chuir e luim air na ghabhadh sàbhaladh a shàbhaladh. Ma chaill e an fheòil cha do leig e na seicheannan a dholaidh. Cha 'n 'eil so a' ciallachadh gu bheil meas agamsa air Dòmhnall no air a sheòrsa. Theagamh nach abradh tu féin, a leughadair, gu'm bu duine maith a bha ann an Rob Ruadh Mac Griogair, ach air a shon sin tha car de bhàigh agus de thaoibh agad ris ann ad chridhe a chionn gu robh e seòlta is tapaidh, luath is làidir, agus gu robh a gleusta an uair a bhiodh e ann an cùil chumhainn. An uair a chi thu duine a rinn cron, agus an lagh air a thòir, a' toirt dìlaidn do choin-luirg an lagha a chur an sàs, agus sin uile le a sgiobaltachd agus a sheòltachd féin, cha 'n urrainn duit gun meas a bhi agad air a ghleustachd ged a dhiteas tu an t-olc a rinn e. Ann an àm cogadh na h-Afric cò a b'urrainn gun seòltachd De Wet a mholadh ged nach bu toigh leinn e féin no a dhaoine! A h-uile feasgar bhitheamaid a' leughadh anns na paipearan-naigheachd gu robh De Wet air a chur ann am fang mu dheireadh, ach an ath mhaduinn b'e a' cheud naigheachd a leughamaid gun d'fhuair e bealach no gu'n do leum e an gàradh, agus gu robh a chas mu réir fhathast. Is toigh leinn uile luaths, is làidireachd, is seòltachd, is misneach, fhaicinn ann an duine, eadhon ged



nach biodh e a' cur nam buadhan ion-mhiannaichte sin gu buil mhaith.

Cha robh Dòmhnall nan damh 'n a dhuine coguiseach, agus chòrdadh e ris maith gu leòir a dhaimh féin a bhí ag itheadh cuid chàich. Rud glé neònach ach glé fhìor, nach 'eil mòran dhaoine idir cho coguiseach mu fheur an comhearsnaich itheadh 's a bhitheadh iad mu airgid an comhearsnaich a ghoid. Ach ma bha cion coguis air Dòmhnall cha robh cion sprachd air; an uair a chunnaic e gu robh an dà dhanh marbh cha do dh'fhan e r' an caoidh, agus cha mhò a dh'fhan e ri trod a dheanamh ris na daoine a mharbh iad (ged a bha fhios aige co a rinn an cron) ach thug e dhiubh na seicheannan gu luath. B' aithne dha cuideachd srian a chur air a theanga, agus cha dean sin ach duine glic. An uair a dh'fhalbh e a reic nan craicinn do'n bhaile mhòr cha robh fhios aige ciamar a rachadh dha, ach thà gleustachd an duine ri fhaicinn anns an dòigh anns an do rinn e feum de gach cothrom a chur am fortan 'n a charamh—an t-eun agus an duine-usal. B' fheàrr leis airgid na 'n fhìrinn, agus cha robh naire air bith air gu'n d' thug e an car as an duine ionraic. B'e gaol an airgid dhasan freumh an uile. Ach cha b' ann air ghaol airgid ach air ghaol dioghaltas a dh'innis e na breugan d'a choimhearsnaich. Bu mhaith leis buille air son 'buille a thoirt daibh, agus buille a bharrachd, rud nach ceadaicheadh Maois féin, agus idir idir nach ceadaicheadh Crìosd. Tha mi an dùil nach 'eil faireachduinn as miosa is urrainn duine altrum 'n a chridhe na gaol a bhí aige air dioghaltas. Cuiridh sin e air seachran o Dhia; mùchaidh e ann spiorad an t-soisgeil, agus fosglaidh e a chridhe do mhìle deamhan. Ged nach maith an rud saannt b' fheàrr leam duine saanntach na duine gamhlasach; tha e na's dlùithe do rioghachd Dhé. Thug Dòmhnall nan damh air a choimhearsnaich call a dheanamh doibh féin, agus cha 'n e mhàin sin ach rinn e iad 'n an aobhar magaidh do chlann bheaga a' bhaile. Ach ged a riarachadh so an inntinn aige mionaid no dha cha bu riarachadh e a mhaireadh, na a bheireadh tlachd dha a bhí a' smuaineachadh air an déidh làimhe.

III. Bha coimhearsnaich Dhomhnuill na bu mhiosa na e féin, agus cha mhaith an t-innseadh sin orra; bha iad an dà chuid faoin agus olc. Bha an duine-usal faoin ach ionraic; bha Dòmhnall olc ach cha robh e faoin, ach bha an triùir eile an dà chuid faoin agus olc. Nochd iad gu robh iad air bheag tùir an uair a thug iad géill do naigheachd air nach robh dreach na firinn, agus nochd iad gu robh iad guineach naimhdeil an uair a mharbh iad daimh an comhearsnaich. Is ann anns an oidhche a rinn iad an t-ole sin, oir is toigh le droch dhaoine an dorchadas. Ach is léir do Dhia anns an dorchadas cho mhaith agus is

léir dha anns an t-solus, oir tha a shùil mar mhìle coinneal agus rannsaichidh e diòmhair-eachd na h-oidhche agus a chridhe.

Cha 'n urrainn beannachd Dhe a bhí ann an tigh no ann an beatha dhaoine a tha gun choguis, gun chaomhalachd, gun ghaol air an fhìrinn agus air a cheartas. Faodaidh ceilg is cuilbheartan soirbheachadh ear greis ach is ann greis fhéin a shoirbhicheas iad, agus is e is deireadh daibh naire is bròn is truaighe shìorruidh. Iadsan a bheannaichear leis an Tighearna, mealaidd iad an talamh, agus iadsan a mhallaichear leis gearrarr as iad. Thoir fanear an duine foirfe agus amhaire air an duine ionraic, oir is i sith as crìoch do'n duine sin.

TIODHLAC AN SPIORAD.

An d' fhuair sibh an Spiorad Naomh o chrid sibh.—Gnìomharan XIX., 2.

An uair a chuir an t-abstol Pol a' cheist so air deiseiobuil àraidh a thachair air ann an Ephesus is e a thuirt iad ris, *Cha chuala sinn uiread agus gu bheil Spiorad Naomh ann.* Theagamh gu'n abradh cuid de shluagh an Tighearna an mì ceudna an diugh fhathast. Cha 'n e mhàin nach 'eil an t-aoibhneas aca anns an Spiorad Naomh a bha aig Pol, ach tha theagasg a' Bhiobuill mu'n Spiorad 'na theagasg dorcha dhoibh. Tha e a' dol os cionn an eòlais agus an tuigse, agus cha 'n 'eil fiosrachadh air bith aca 'n am beatha féin air cumhachd no comhfhurtachd an Spioraid Naomh.

I. Gheall Crìosd gu'n cuireadh e an Spiorad Naomh a dh'ionnsuidh na h-eaglais. Thuirt e ris na deiseiobuil, *Is buannachd dhuibh mise a dh' fhalbh, oir mur falbh mi cha tig an comhfhurtair d' ur n-ionnsuidh.* Cha 'n ioghnadh ged a bha sin 'na ràdh dorcha do na deiseiobuil aig an àm, agus nach do làn thuig iad e. Bha e dùilich dhaibh a chreidsinn gu'm faigheadh iad air dhòigh eile eòlas na b' fheàrr air Crìosd na fhuair iad an uair a bha e maille riu air thalamh. Chunnaic iad a chorp is 'aghaidh le 'n sùilean; làimhsich iad le'n làmhan e, agus chual iad a theagasg le'n cluasan. Ach air a shòn sin 's air fad, thuirt e féin riu gu robh mòran d'a ghloir-san nach fhaca iad fhathast, agus nach fhaiceadh iad gus an tigeadh an Spiorad Naomh agus am fosgladh e an sùilean. *An uair a thig Spiorad na firinn treòraichidh e sibh chum gach uile fhìrinn, oir gheibh e de n' chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e.* Ach cha b' urrainn daibh an Spiorad fhaotainn gus am falbhadh Crìosd, oir b' ann le a bhàs féin agus le 'aiseirigh a choisinn e do'n t-saoghal tiodhlac an Spioraid. Is e teachd an Spioraid Naomh aon de na beannachdan prìseil a tha a' sruthadh o obair Chrìosd, agus dh' fheumadh an obair sin a bhì crìochnaichte m' an cuireadh Dia an

Comhfhurtair d'ar n-ionnsuidh-ne ann an lánachd a chumhachd. Gus an do shuidh Críosd air cathair a ghlóire far a bheil é a' coimhlionadh ministrealachd shiorruidh air son a bhráithrean ann an cumhachd a shagartachd, cha b'urrainn an gealladh a bhí air a choimhlionadh, *Cuiridh mi an Comhfhurtair d'ur n-ionnsuidh*. Cha b'urrainn Críosd féin fantuinn maille r'a dheisciobuil ach tamull beag, ach fanaidh an Comhfhurtair maille riu gu bráth. Cha 'n fhàg an Spiorad Naomh an eaglais gus am bí i air a nochdadh gu neo-lochdach am fianuis Dhe ann an glóir.

II. Cha b'fhada gus an d'fhuair na h-abstóil a mach gu'm bu bhuannachd dhaibh Críosd a dh'fhalbh. Fo bhuidh an Spioraid bha iad na bu dlúithe dha na bha iad riamh roimhe, agus fhuair iad sealladh is faireachduinn úr air a ghlóir. Bha an t-abstól Eoin na bu dlúithe d'a Thighearn ann am Patmos na bha e an oidhche a leag e a cheann air 'uchd aig an t-suipear. Am feadh 's a bha Iosa maille ris na deisciobuil anns an fheòil bha iad 'g a fhaicinn ann an laigse a dhaonnachd agus ann an staid 'irioslachd, air chor agus gu robh e duilich dhaibh cumhachd a dhiadhachd agus saobhbreas a ghlóire a thuigsinn. Ach an uair a chaidh e as an sealladh, agus a thug an Spiorad Naomh gu 'n cuimhne an gràs agus a ghlóir a chunnaic iad ann, thòisich iad air nithean a thuigsinn a bha roimhe dorcha dhaibh; bha nithean air am foillseachadh dhaibh nach gabhadh a bhí air an foillseachadh le fuil no feòil, nithean a tha a mhàin air am foillseachadh leis an Spiorad dhaibhsan aig am bheil gràdh do Dhia. Ann an aon seachduinn, mu là na Cuingis, thàinig fàs spioradail air na h-abstól nach d' thàinig orra ann am bliadhna roimhe sin; chuir iad nithean leanabail air chìl is thàinig iad gu ire duine. Gus an d' thàinig an Spiorad Naomh cha robh annta ach leanaban; labhair iad mar leanaban; thuig iad mar leanaban; reusonaich iad mar leanaban, ach an uair a thùrling an Spiorad orra dh'fhàs is dh'abuich iad, agus thuig iad gu h-iomlan nithean spioradail nach b' aithne dhaibh roimhe sin ach ann an cuid. *Ged a b' aithne dhuinn Críosd a réir na feòla gidheadh a nis cha 'n aithne dhuinn a na's mò*. B' aithne dhaibh e ann an dòigh úr, ann an cumhachd agus ann an soilleireachd an Spioraid. Tha e glé choltach nach fhaca Pol an Slànuighear ann an làithean fheòla, ach mur faca, bha dìomhaireachd na diadhachd is nithean a bhuineadh do Chríosd air am foillseachadh dha eadhon mar nach robh iad air am foillseachadh do na h-abstól a bha maille ris fad thri bliadhna. Do bhrìgh gu h-ann air mbodh spioradail a thuigear nithean spioradail bha e 'n a bhuannachd do'n t-saoghal Críosd a dh'fhalbh agus an Spiorad Naomh a thighinn.

III. Is e tiòdhlaic is feartan an Spioraid

pàirt de oighreachd nan creidmheach, ach tha mòran de shluagh an Tighearna nach 'eil a' gabhail seilbh anns an oighreachd mhòr a thug Dia dhaibh, a chionn nach do chreid iad riamh gu ceart teagasg a' Bhiobuill mu thimchioll an Spioraid Naomh. Gun teagamh thu iad a' creidsinn gu bheil an Spiorad ag iompachadh dhaoine; tha iad a' creidsinn gu bheil e a' dearbhadh an cionta air peacaich; ach tha iad an dùil, an uair a tha sin deanta, gu bheil obair an Spioraid ullamh. Ach bhiodh e na bu dlúithe do'n fhìrinn a radh gu h-ann an sin a tha obair an Spioraid a' tòiseachadh. Ma tha an Tiomnadh Nuadh a' teagasg gur h-ann le tarruing an Spioraid a bheirear peacaich gu Críosd tha e a' teagasg mar an ceudna gur e obair shònruichte an Spioraid na creidmheach a naomhachadh agus a shoilleireachadh ann an eòlas Dhé. Tha cuid de shluagh an Tighearna a tha toilichte gu leòir ma gheibh iad maith-eanas o Dhia air son am peacaidhean; tha iad an dùil nach biodh ann dhaibh ach dånadas an còrr a thagar. Ach cha 'n 'eil ann am maith-eanas ar peacaidhean ach pàirt bheag de'n oighreachd mhòr a thug Dia dhuinn ann an Críosd. Maille ri maith-eanas tha e a' toirt duinn *tiòdhlaic an Spioraid*, spiorad a dh' fhanas maille ruinn gu bráth mar fhianuis Dhé an taobh a stigh dhinn. Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil an tiòdhlaic so air a thoirt ach do dhuine annamh; nach 'eil e air a thoirt ach do dhaoine a tha naomh is iriosal is glan 'n an cridhe. Ach is e teagasg an Tiomnadh Nuaidh gu bheil Dia a' toirt an Spioraid Naomh do na h-uile chreidmheach, *a chionn gu bheil iad 'n an creidmheach*. Tha Dia a' toirt tiòdhlaic an Spioraid, cha 'n ann do naomh shònruichte an sid 's an so ach do chomunn nan creidmheach gu léir. Iadsan uile a chreid anns an Tighearn Iosa agus a fhuair maith-eanas am peacaidhean fhuair iad mar an ceudna (co dhiu a tha iad a' deanamh feum dheth no nach 'eil) tiòdhlaic an Spioraid. Tha e a' chòmhnuidh annta, agus cha 'n fhàg e iad gu bráth. Fhuair iad e dìreach mar a fhuair iad na beannachdan eile a tha a' sruthadh o bhàs agus o obair Chríosd. "Deanaibh aithreachas," arsa Peadar, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Críosd, chum maith-eanas pheacaidhean, *agus gheibh sibh tiòdhlaic an Spioraid*." Bha an dà ni a' dol còmhla; iadsan a fhuair maith-eanas fhuair iad an Spiorad mar an ceudna. Ach ged a tha mòran chreidmheach riarachtaich gu leòir ma chaidh folach a chur air an cionta, mur d' fhuair iad ach sin cha d' fhuair iad ach pàirt de'n oighreachd, earlais bheag de shaoibhreas nan gràs a tha ann. Tha saobhbreas as motha na sin ann an Críosd, saobhbreas a dh' fhaodas iad a thagar air bhonn a gheallaidh féin, agus as eugmhais nach bí iad air an lìonadh le cumhachd Dhé.



NA DAOINE LAIDIR.

Is beannaichte na daoine macanta, oir sealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd.— Mata V., 5.

An uair a bha mi a' smuaineachadh air na briathran so an là roimhe, thàinig e 'n am intinn nach 'eil am facal *macanta* air a chleachdadh idir ann an seachas na dùthcha. Cha 'n 'eil so a' ciallachadh nach aithne do mhuintir na Gàidhealtachd am facal; is aithne dhaibh am facal maith gu leòir, ach is ann mar fhacal a bhuineas do'n Bhiobull, agus do shear-main, agus do Dhi-dòmhaich is aithne dhaibh e. Cha chluinnear e ach glé annamh aig taobh an teine, no air margadh, no air làithean na seachduinn. An uair a bhios daoine a' bruidhinn mu chàch a chèile, mar is tric a bhitheas, cha chuala mi riamh aon choimhearsnach ag ràdh mu choimhearsnach eile, gu'm bu duine macanta e.

A bheil so a' ciallachadh gu bheil an gràs sònruichte ris an abrar macantas 'g ar dith? Cha bu mhaith leam a chreidsinn gur e sin an t-aobhar nach cluinnear duine air a mholadh air son macantais mar a chluinnear e air a mholadh air son còiread, is coibhneis, is bàighealachd, is ceartais, is iochd, is fichead rud eile, ach aig a' cheart am innsidh am beagan am mòran, agus faodar so a ghabhail mar aon de na combarran nach 'eil macantas cho measail 'n ar siùlean ri cuid eile de thoraidhean an Spioraid.

Thuirtear fear de mhuintir America uair-eigin, gu'm feum gu bheil na Breatunnaich anabarrach macanta a chionn gu bheil uiread de fhearann an t-saoghail aca. Gun teagamh tha Breatunn a' sealbhadh na talmhainn, ach na'n abradh tu ri Breatunnach mòr làidir gu robh e 'n a dhuine macanta dh' fhaodadh tu a bhith toilichte mur buaileadh e dòrn ort. Shaoileadh e gu robh thu a' magadh air, agus b' fheàrr leis fichead droch rud a bhith air a chuf as a leth seach luidhe fo amharus a bhith macanta. 'Na fhàidh chridhe b' fheàrr leis nach d' thuirtear Criosd riamh am facal so, *tha mise macanta agus iriosal ann an cridhe*, oir tha barrachd meas aige air a chruas 's a luathas 's a làidir-eachd féin na tha aige air macantas is irioslachd. Ciod a tha so a' ciallachadh ach gu bheil barrachd annainn uile de'n t-seann duine na tha annainn de'n duine ùr, barrachd de'n t-seann Adhamh na de spiorad Chriosd. Mar shluagh agus mar rioghachd tha e na's fhasa dhuinn ceartas a dheanamh, agus eadhon tròcair a ghràdhachadh, na tha e dhuinn gluasad gu h-

iriosal maille ri Dia, no ri daoine. Tha an Seann Tiomnadh fada fada na's dlùithe d' ar gné na tha an Tiomnadh Nuadh, agus a dh' aindeoin ar cridhe cha 'n fhaigh sinn saor 's am beachd so oirnn féin, gur sinne pobull taghta Dhé, agus nach 'eil ann an rioghachdan eile ach daoine neo-thimcheall-gheàrrte.

Bho chionn greis bha mi a' dol mu'n cuairt nan sgoilean anns an sgìreachd, 'g an ceasnachadh ann an eòlas a' Bhiòbuill, agus am measg cheistean eile a chuir mi air a' chloinn dh' fheòraich mi dhiubh ciamar a dh' innseadh iad mu Chriosd do dhuine nach cuala riamh iomradh air; ciod iad na nithean 'n a nàdur agus 'n a bheatha a bu mhaith leo a chomharrachadh a mach do dhuine nach do leugh riamh uime. Cha robh gin idir de'n chloinn nach d' ainmich a choibhneas; thuirtear iad cuideachd gu robh e naomh agus robh e 'n a dhuine maith, thuirtear feadhainn gu robh e bàigheil ri truaghain agus iochdmhor, agus thuirtear aon no dha gu robh e macanta agus iriosal. Dh' fheòraich mi dhiubh cuideachd cò dhiubh sin a bu docha leò, agus a ris bha a' cheud àite aig coibhneas, agus an dara àite aig iochd; chuir iad coibhneas is iochd air thoiseach air naomhachd, agus bha macantas air dheireadh.

A dh' innseadh na firinn cha 'n 'eil gaol air bith agam féin air an fhacal macanta, ged nach bu mhaith leam an gràs air a bheil e 'n a ainm a chur air dheireadh ann am bheatha féin no ann am beatha duine eile. Cha 'n 'eil ann ach an dubh-choigreach dhomh, agus is fheàrr leam fada cian facail eile a chluinnear na's bitheanta anns na dùthaich, *séimh*, is *ciùin*, is *caomh*, is *tlàth*. Ach air a shon sin tha fhios agam glé mhaith nach h-urrainnear feum a dheanamh as eugmhais an fhacail macanta, a chionn gu bheil rud sònruichte ann nach fhaighear ann an gin de chàch. Faodaidh abhainn a bhith séimh, is là a bhith ciùin, is gaoth a bhith caomh (tha a' ghaoth an iar a tha tighinn a nall o na h-eileannan, daonnan caomh), is cruith-chiùil a bhith tlàth (bha cruith Chaoirill tlàth), ach cha 'n urrainn abhainn, no gaoth, no each, no cruith, a bhith macanta. Ged a theireadh tu mu dhuine gu bheil e séimh is ciùin is caomh cha 'n 'eil sin a' ciallachadh gu'n d' oibrich gràs Dhé air anam; faodaidh e bhith ann an staid nàdur agus tur aineolach air Dia. Ach cha b' urrainn duit a ràdh gu robh e macanta mur biodh e an dà chuid séimh is ciùin ann féin, agus a' gluasad gu h-iriosal maille ri Dia. Tha cuid de dhaoine séimh is ciùin gu nàdurra, ach cha bhith iad gu bràth macanta mur bheil gràs a' comh-obrachadh maille ri nàdur anna. Anns an t-

seadh anns a bheil am facal air a chleachdadh anns an Tiomnadh Nuadh cha 'n urrainn duine à bhi macanta mur bheil e iriosal, agus cha 'n urrainn e a bhi macanta mur bheil e diadhaidh, air chor agus gur coltach macantas ri neamh-naid òir ann an anam mhic an duine.

Gu dé, mata, an seòrsa duine a tha ann an duine macanta? Innsids mi sin duit ann am beagan fhacal; tha, duine fad-fhulangach nach gabh brosnuchadh gu feing; duine a tha faighid-inneach is ciùin is gaolach eadhon ris na daoine a tha deanamh eucoir air; duine a cheus toil na feòla ann féin cho buileach 's nach maoidh e ged a mhaoidhear air, agus nach buail e ged a bhuailear e; duine nach teid a throd no a thapaid a dh'aindeoin dùlain a bheirear dha no ainneart a nithear air; duine a bheannaicheas an uair a mhalltaichear e, agus nach iòc olc air son uile do dhuine air bith—sin agad an duine macanta. Tha mi an dùil gu bheil de Chrìosd-alachd ainneam 's gu'n aidich sinn gu bheil maise cho mhaith ri maitheas ann am beatha an t-seòrsa dhaoine sin, ach a bheil sinn a' creidsinn 'n ar cridhe gur h-iad a shealbhaicheas an talamh? Nach 'eil amharus againn, an uair a thòiseachar air sgairbh a thoirt á creagan, no air roinn cobhartaich, gu'm bi an duine macanta cho fada air dheireadh 's gu'm beir a' bhéid air!

Am fear as treasa an uachdar, 's am fear as luaithe air thoiseach.

Am fear as luaithe làmh 's e as fheàrr cuid. Cuidichidh Dia leis na giùmanaich.

Sin a their muinntir an t-saoghail, agus ciod a tha e a' ciallachadh ach nach 'eil iad a' creidsinn gu'n sealbhaich na daoine macanta an talamh.

Ach mur sealbhaich na daoine macanta e, cò a shealbhaicheas e? An abair thu gur e na daoine lonach is glamhach, spuinneadairean is creach-adairean a bhios an uachdar air deireadh na chuire. Mo thruaigean an saoghal ma's iad! Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil an t-aingidh air uairean a' faotainn a' chuid as fheàrr de'n ionracan a thaobh oighreachd shaoghalta, ach eadhon ann an seadh saoghalta cha soirbhich an t-aingidh ach greis, agus faodaidh tu a bhi cinnteach ma tha e an diugh an uachdar gu'm bi e car mu char a nuas am màireach. Oir is e Dia a tha riaghladh anns an t-saoghal, agus tha cridhe is cumhachd Dhé air taobh an ionracain agus an aghaidh an aingidh. Thèid aig rioghachd làidir air cuid mhòr de aghaidh na talmhainn a thoirt a mach dhi féin le làmhachas-làidir is cumhachd a' chlàidheimh, *ach cha 'n urrainn dhi a ghleidheadh ach le banntaibh daingean a' ghràidh.* Eadhon a thaobh riaghladh rioghachdan tha eachdraidh an t-saoghail a' teagasg duinn gur treasa macantas na buirbe air a' cheann mu dheireadh. C' àite an diugh a bheil na h-ionpaireachdan a chuir crith is egal air na h-òchdarain anns na làithean a dh'

fhhalbh? Thuit iad, is chaidh iad as an t-sealladh, oir cha b' urrainn daibh an àite a sheasamh ri aghaidh chumhachdan ùra a bu chaomhaile agus a bu shuairce. Tha na reultan 'n an cùrsachan a' cogadh an aghaidh uaill is àrdanach is làmhachas-làidir, agus air an làimh eile tha mìle cumhachd dhìomhair ag oibreachadh air taobh macantais.

Ann an saoghal olc agus am measg gineal fhiar tha e a' tachairt tric gu leòir gu'n gabhar cothrom air daoine macanta, ach air a shon sin tha facal Chrìosd fìor, agus cha bhreugnaithear e le calldachd air bith a thig oirm mar thoradh ar macantais agus ar diadhaidheadh. Cha 'n e airgid, no òr, no fearann, a tha Dia a' toirt d'a shluagh mar dhuais air son a bhì fàs ann an gràs; cha 'n e idir, ach an tuilleadh gràis is naomhachd. Cha d' fhuair Chrìosd féin oighreachd thalmhaidh ged a bha e na bu mhacanta na uile chlann nan daoine; b'e a chuibrionn-sau air tàillibh a mhacantais, an crann-ceusaidh. Ach cò a theireadh nach robh am facal so fìor d'a thaobh-san cuideachd? Nach ann leis a' chrann-cheusaidh a thug e buaidh air an t-saoghal! Nach ann tre fhulangas a ràinig e uachdarachd, air chor agus gu bheil a nis ainm aige a tha os cionn gach ainm, agus gu bheil sluagh nach gabh àireamh a' lùbadh an glùn dha agus 'ga aideachadh mar an Tighearn agus an Rìgh! Smuainich air an astar a bha eadar Alasdair Uaibhreach agus Chrìosd 'n an cùrsa saoghalta, agus an dara fear dhiubh uaibhreach is móralach, agus am fear eile macanta is iriosal 'n a chridhe. Bha Chrìosd gun fhonn, gun fhearann, gun dachaidh; air a dhìmeas agus air a threigsinn le daoine, agus air a cheusadh mar fhear-reubainn agus air àireamh am measg nan ciontach. Bha gach ni a riarachadh an t-sùil no a bheireadh sòlas do'n chridhe aig Alasdair Uaibhreach; bha uachdarain is prionnsachan an t-saoghail a' deanamh am beic dha, agus iochdarain an t-saoghail ag aoradh dha mar dhia beag; chiosnaich e an saoghal uile agus e fhathast 'n a dhuine òg. Ach an diugh cha 'n 'eil iomradh air ainm Alasdair Uaibhreach, agus tha ainm Chrìosd os cionn gach ainm. Choisinn e an saoghal le cumhachd a mhacantais.

Ged nach sealbhaicheadh an duine macanta an saoghal idir, bhiodh e 'n a dhuine sona, oir tha macantas is irioslachd ion-mhiannaichte air an sgàth féin. Is e toradh a' mhacantais làmachd sìth anns a' chridhe, sìth ri Dia is sìth ri daoine. Cha dean an duine macanta gearan air Dia, eadhon an uair a tha freasdal Dhe d'a thaobh searbh is dorcha, ach lùbaidh e a cheann gu sàmhach iriosal fo thoil an Uile-chumhachdaich, agus ann a bhi 'g a strìochdadh féin do Dhia mar sin gheibh e fois d'a anam. Gleidhidh e mar an ceudna sìth 'anam le bhì toileach air

call fhulang seach dol ann an iorghuill ri daoine. An uair a bheir duine buille air son buille dhuit théid agad air cothachadh ris le neart do ghàirdean, agus do dhòchas a chur ann ad neart. Ach an uair a bhuaileas tu e agus nach gabh e fearg, ach gu'n tionndaidh e riut an leth-cheann eile, gu dé is urrainn duit a dheanamh? Gu dé ach gu'n gabh thu nàire dhiot féin, agus air a cheann mu dheireadh gu'm bi am fear lag an uachdar. Sin aon de na leasain a tha crann-ceusaidh Chrìosd a' teagasg.

ANNS A' CHOILLE BHEITHE.

Tha dlùth air sia seachdoinnean a nis o nach do shuidh mi anns a' choille bheithe, rud nach do thachair riamh roimhe aig an àm so de'n bhliadhna. Ach air eagal gu'n saoil thu gur e cùram na beatha no driop an t-saoghail is coireach dha sin, tha e cho mhaith dhomh do chuir as a' bheachd sin a dh' aon ruith, agus innseadh dhuit nach e idir, ach eagal na lònidh. Mur biodh 'g am chumail aisde ach cabhag an t-saoghail leigim leis an t-saoghal a bhi feadaireachd, agus ghabhainn mo shocair a dh' aindeoin a bhoicinn, oir mar is sinne a tha mi a' fàs is ann is lugha orm cabhag is ùpraid is ùinich, agus is ann is cinntiche mi nach 'eil Dia a' ciallachadh gu'n leigeadh daoine le cùram agus driop an t-saoghail làmh-an-uachdar fhaotainn orra. Ged is mòr na tha aig Dia féin r'a dheanamh (tha e a' riaghladh mìle is deich mìle saoghal) tha e a' deanamh a h-uile ni gu réidh, socrach, sàmhach, agus saoilidh mi gu'm faod mac an duine eisempleir Dhé a lean-tuinn agus athais a ghabhail. An uair a chi mi duineachan beag agus e 'n a ruith 's 'n a leum, a' leumartaich o char gu car mar gu'm b' é féin a bha cumail air falbh an t-saoghail, no mar nach biodh dad ceart mur biodh a chorragsan ann, bidh e a' tighinn fodham a ràdh ris, "Ciod fàth do chabhaig, a laochain? An cual thu riamh am facal, *Dh' fhan do mhàthair ri d' bhreith?*"

Ach o chionn còrr agus mìos a nis bha an t-sid cho fuar fhuach 's nach robh mòran toileachaidh ann do dhuine e féin a shineadh air an fheur, gu sònruichte ma thug e dùthchas na lònidh o sheanair. Sin agad, mata, an t-aobhar gu'n do sheachain mi a' choille bheithe o chionn greis, ach tha là grianach blàth ann an diugh, agus suidhidh mi air an fheur ghorm agus gabhadh mi maith na gréine gun fhios nach bi an t-uisge ann am màireach. Cha d' thàinig an lònidh ormsa fhathast, ach ma thig, tha leigheas agam air a son. Fhuair mi e o charaid còir ann an Tiriodh, duine nach h-abradh an rud a thubhairt e mur biodh e féin 'g a chreidsinn. Thuirt e rium gu robh e air a phianadh leis an lònidh fad chòig bliadhna

deug, agus iomad geamhraidh, gu'm biodh a ghàirdean cho rag agus cho goirt 's nach b' urrainn da a làmh a thogail os cionn a chinn. Ach an uiridh leighis e e fhéin le gath sheilleanan, agus a nis tha an làmh anns an robh an lònidh cho subailte ris an té eile. An uair a bha e ag innseadh na naigheachd dhomh cha deachaidh stad air ach ag oibreachadh a làimhe, a' deanamh chearcall mu'n cuairt a chinn mar gu'm biodh muileann-gaoithe, los a leigeil fhaicinn domh cho subailte 's a bha i. Thuirt e gu'n do chuir e sia seilleanan air a chraicinn a' cheud uair, agus gu'n do leig e leò an gath a chur ann eadar caol an dùirn agus a' ghualann. An ath latha chuir e ochd no naoi air a ghàirdean, àireamh nan seilleanan a' dol am meud a réir mar a b' urrainn e an goirteas a ghiùlan. Ann an ceann seachdoinn cha robh greim de'n lònidh air fhàgail 'n a ghàirdean; rinn na seilleanan an rud a dh' fhairtlich air na dotairean. Sin agad, mata, an leigheas a thug mo charaid dhomhsa air an lònidh, agus ged a bha amharus agam aig an àm gu'n do rinn cuid de na seilleanan a bha air a ghàirdean nead 'na bhoineid, cò aige a tha fhios nach fhaod an rud a' bhi ceart gu leòir!

Cha b' ann as a cheann féin idir a thòisich an duine air a' chungaidh ud. Thuirt e rium gu robh fhios aig na seann daoine air an leigheas so air an lònidh o chionn nan ceudan bliadhna, agus dhearbhadh mi gu robh an fhuir aige anns an uiread sin co dhiu, oir air dhomh feòraich uime bho dhaoine a tha fiosrach mu sheilleanan fhuair mi a mach gu'm b' aithne dhaibh uile uime. Agus dh' innis fear de'n luchd-teagaisg ann an Collaiste an Fhearainn an Duméidean dhomh rud a tha cur dreach na firinn air an naigheachd a dh' innis m' fhear-dùthcha dhomh. Thuirt e rium gu'm bi na daoine a bhios a' deanamh chungaidhean a' ceannach bocsaichean sheilleanan a h-uile bliadhna, agus a' toirt a' gath asda, los stuth a dheanamh ris an abair iad féin CH_2O_2 no HCOOH , no ris an abair daoine Crìosdail, *Formic Acid*; agus thuirt e gu'm bi na dotairean a' toirt *Formic Acid*, no CH_2O_2 do dhaoine air son na lònidh. Cha 'n urrainn mise Gàidhlig a chur air CH_2O_2 , agus nach fhuasd a thuigsinn gur stuth nimheil is puinnseanta a tha ann, an uair nach h-urraimear Gàidhlig a chur air!

Sin agad sin, mata, cha robh na seann daoine 'n an sùgradh; b' aithne do chailleachan na Gàidhealtachd rud no dhà, agus glé bhitheanta cha 'n 'eil anns na cungaidhean a bheir dotairean dhuit an diugh ach ainm ùr air seann leigheas. Na'n innsinn do dhotairean Bhaile-chloichridh gu'n do leighis cailleach ann am Blàr duine a bha crùbach le lònidh le seachd seileanan a chur air a chruachan, theireadh iad rium gu robh mi fhéin, 's an duine, 's a' chaill-each, air a' chuthach; air neo ghabhadh iad an

fhearg mar a ghabhas iad an uair a dh'innsear dhaibh mu dhaoine a chaidh sìos do Bhailanluig cho crùbach 's gu'm b' fheudar an giùlan, ach a thàinig dhachaidh air an casan an déidh dhaibh a bhí uair an uaireadair ann an lánhan a' Ghranntaich. Ach air a shon sin bheireadh iad fhéin do'n duine botul a h-uile seachduinn de CH_2O_2 , agus gu dé am mùghadh a tha eadar na seilleanan agus am botul, ach gur h-e am botul is daóire. Gheibh thu seilleanan gu leòir air an raon, ach theid mi 'm bannaibh duit nach fhaigh thu botul o dhotair a nasgaidh. Tha cungaidhean nan dotairean an diugh cho daor ris an uisge bheatha fhéin.

Cha 'n e seilleanan nan sgeapaichean a chuir mo charaid air a ghàirdean, ach seilleanan fadhaich, an creutair ris an abair daoine ionnsaichte, *Bombus terrestris*. Tha na h-uiread sheòrsachan dhiubh ann, cuid dhiubh dubh is cuid dhiubh ruadh, ach tha iad uile na 's motha na ua seilleanan a bhios a' deanamh meala anns an sgeapaichean. An uair a bha mi 'n am bhalach bha na seilleanan fadhaich anabarrach lìomhor ann an Tiriodh, ach thug mi 'n aire o chionn bhliadhnachan nach 'eil iad idir cho pailt a nis 's a bha iad. Tha mi an dùil gur e na caoraich a chuir as iad. Roimhe so cha robh an tuath a' gleidheadh chaorach ach anns a' gheamhradh, ach an diugh tha brat dhiubh air an eilean a shàmhradh 's a gheamhradh. Is fhada o thuirt Coinneach Odhar, gu'n cuireadh peirceall na caora an crann air an fharadh, agus a réir choltais chuir a' chaora na seilleanan do Mhanitoba, cho mhaith ris na daoine. Tha a' chaora a' cumail sìos luibhean is flùraichean air am b' àbhaist do'n t-seillean a bhí tighinn beò. Rì 'm cheud chuimhne bha am buadhlan-buidhe a' fàs gu dosrach air na machraichean, agus chitheadh tu seillean no blàrag air bhàrr gach buadhlain, ach a nis cha leig a' chaora leis a' bhuidhean-bhuidhe a shùil a thogail. An uair a bha mi 's an sgoil bhitheamaid a' breith air na seilleanan agus a' deanamh dà leth orra, gus a' mhìl a bha 'n am broinn a thoirt asda. Rud uamhasach, agus an diugh fhathast an uair a chuimhnicheas mi air, cuiridh e crith air m' fheòil. Ach cha robh e a' toirt oibheim air bith do m' choguis aig an àm, rud a tha dearbhadh nach 'eil ann an coguis balaich ach lorg gun taic.

Bha seilleanan lìomhor ann an tìr a' gheallaidh oir bha Canaan 'n a "tìr a bha sruthadh le bainne agus mìl," ach tha e glé iongantach nach 'eil iad air an ainmeachadh anns a' Bhìobull ach ceithir uairean air fad. Cha 'n 'eil iad air an ainmeachadh anns an Tiomnadh Nuadh idir. Tharruing Crìosd leasain is cosmhalachdan air son na beatha spioradail o eòin an adhair agus o lilibhean nam machraichean, agus bu mhòr an t-urram e do chreutair air bith gu'n tugadh

Mac Dhé an aire dhaibh, agus gu'n uisneachadh e iad ann am seirbhìs a rìoghachd, agus gu solus a thilgeadh air dìomhaireachd na diadhaidheachd. Chuir e an t-urram sin air a' chire agus air a' ghealbhonn, creutairean diblidh a tha daoine eile a' cur an suarachas, agus air am bì iad a' deanamh car de fhanoid. Am balach beag ud a thug do Chrìosd na còig buillionnan eòrna agus an dà iasg leis an do shàsaich e còig mìle duine, an déidh dha an t-aran a bheannachadh,—an saoil thu nach robh am balach uasal as féin a chionn gur h-ann leis na buillionnan aigesan a rinn Crìosd a' mhìorbhuil! An uair a rachadh e dhachaidh, dh'innseadh e d'a mhàthair e, is theireadh e rithe, *Is mise a thug do Aindreas còig buillionnan is dà iasg*. Tha e 'n a urram do 'n chire agus do 'n ghealbhonn cuideachd, gu'n do chuidich iad leis gràdh Dhe a dheanamh aithnichte do 'n t-saoghal.

Ach cha d' ainmich Crìosd riamh an seillean air a bhilean, agus anns a' Bhìobull cha 'n 'eil cliu ro mhaith air a thoirt air idir. B'e guiniche agus déine an t-seillein a bha ann an inntinn an t-salmadair an uair a thuirt e gu'n do chuartich a naimhdean e mar bheachan, agus ann an inntinn an fhìr a' sgrìobh leabhar Dheuteronomi an uair a tha e ag ràdh gu'n do ruaig na h-Amoraich clann Israel mar a ni beachan. Tha na seilleanan ann am Palestin fada na's guiniche na seilleanan ua dùthcha so. Mar is fhaide a theid thu sear is ann is crosda na seilleanan, agus mar is fhaide a theid thu siar is ann is caise na daoine. Rud glé iongantach, ach smior na fìrinn. Cuiridh e iongantas mòr air na h-Innseanaich cho furasda 's a tha e dhuinne fàs cas is crosda; tha an nàdur agus am faireachduinnean féin daonnan fo'm òrdaig. Tha iad mar gu'm biodh uisge séimh air nach h-éirich tonn. Ach cha 'n 'eil seilleanan na h-àird an Ear mar sin. O chionn bhliadhnachan thugadh sgeapaichean dhiubh do Shasunn, air ghaol fuil ùr fhaotainn anns an stoc againn fhéin, ach bha iad cho ole guineach 's gu'm b' fheudar cur as daibh.

An uair a shuidh mi anns a' choille bheithe air a' mhaduinn gheal ghrianaich so cha b' ann air seilleanan a bha m' aire, ach an uair a bhios duine 'na aonar bidh a smuaintean glé choltach ris an t-seillean féin, a' sgiathalaich o àite gu àite agus o fhìr gu fìr. Tha an sean-fhacal ag ràdh, "An uair a bhios Murchadh 'na thàmh bidh e a' ruamhar." Tha mise coltach ri Murchadh anns an dòigh so, gu'm bì mi glé bhitheanta a' sgrìobhadh an uair a bhios mi 'n am thàmh. An uair a chuir am peann a' ghob air a' phaipear dh'fhalbh e leis fhéin; o lònidh chaidh e gu seilleanan, agus o sheilleanan gu dotairean, ach mur dean na sgrìobh mi maith dhuit cha dean e cron dhuit co dhùil.



DUAIS NA TROCAIR.

Is beannaichte na daoine tròcaireach: oir gheibh iad tròcair.—*Mata V., 7.*

Ann an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn mu dhaoine macanta, agus anns an àireamh so bu mhaith leam bruidhinn mu dhaoine tròcaireach. Tha Crìosd ag ràdh gur beannaichte iadsan a tha tròcaireach, agus cuiridh fhacal-sa: crìoch air gach uile chonnsachadh.

Tha meas eadhon aig daoine aingidh air tròcair; cha toir an saoghal mòran géill do chreideamh no do aideachadh duine air bith mur bheil tomhas maith ann de spiorad na tròcair. Sin an fhianuis a tha a' choguis nàdurra a' togail air taobh teagasg Chrìosd.

Ann an t-seann t-saoghal b'è na ceithir subhailcean sònruichte a bhiodh feallsanaich is luchd-teagaisg a' moladh gun sgar. *ceartas, misneach, stuamachd, is toining.* Ach an uair a leughas sinn soisgeul Chrìosd cha 'n 'eil ach glé bheag ann mu na beusan maithe sin. Cha 'n 'eil sin a' ciallachadh nach robh meas aig Crìosd air stuamachd is ceartas is misneach; cha 'n 'eil idir. Ach is e an t-aobhar nach do labhair e umpa na bu trice, nach robh feum ann dha sin a dheanamh oir bha eadhon na sgrìobhaichean agus na Pharasaich ag earlachadh air luchd-aideachaidh a bhi ceart is tuama 'n an caitheamh-beatha. A réir intinn Chrìosd cha robh anns na nithean sin ach ceud-thoiseacha na diadhaidheachd, agus thubhairt e, "Mur toir bhuir fireantachd-sa barrachd air fireantachd nan sgrìobhaichean agus nam Pharasach, cha téid sibh air chor air bith a steach do rìoghachd neimh." Chuir Crìosd, mata, cudthrom a theagaisg uile gu léir air na nithean a bha ùr anns an t-soisgeul, na nithean a bha a bharrachd ann air fireantachd an t-seann t-saoghail; dh'fheuch e r'a leigeil fhaicinn do dhaoine maise na naomhachd sin as eugmhais nach fhaic neach air bith Dia. Tha iomadh seòrsa maitheis anns an t-saoghal cho mhaith ri naomhachd an t-soisgeil; iomadh seòrsa fireantachd cho mhaith ris an fireantachd a tha tre chreideamh, ach tha na beusan no na gràsan so air an do chuir Crìosd uiread codthrom, *macantas, tròcair, gloine-eridhe, a' sònrachadh a mach nan daoine* anns a bheil iad, cha 'n ann a mhàin mar dhaoine maith, ach mar Chrìosduidhean; mar dhaoine air a bheil seula is ìomhaigh Chrìosd. Cha 'n e subhailcean nàdurra ata annta, ach toradh an Spioraid Naoimh, gràsan a tha fàs ann an eridheachan chreidmheach fo bhuaidh an t-soisgeil.

Is e an tròcair a fhuair iad féin o Dhia a tha deanamh a shluaigh tròcaireach. Mar is bitheanta tha daoine aig a bheil faireachduinn l'beò air faighidinn an Tighearna d'an taobh féin faighidinneach is caomhail r'au co-chreutairean. Cha' dùth do dhuine a dh' asluich tròcair d'a anam féin, agus a fhuair fo luch air a chionta le maitheas Dhé, cha dùth dha a bhi an-ìochdmhor r'a bhràithrean. Gun teagamh tha sin air uairean a' tachairt; tha aon de chosmhalachdan Chrìosd ag innseadh mu dhuine nach do thomhais d'a bhràithair leis an tomhas a thug a thighearna dha féin. An uair nach b'urrainn e fhaicinn a phàigheadh ghabh a thighearna truas dheth, leig e a chead da, agus mhaith e dha deich mìle tàlann. Ach chaidh an duine so a mach agus rug e air sgòrnan air a chomh-sheirbhiseach agus thilg e ann am prìosan e a chionn nach b'urrainn da na fiachan suarach a bha aige air a phàigheadh. B'è binn a mhaighstir air (agus binn a' cheartais) "Nach bu chòir dhuitse mar an ceudna tròcair a dheanamh air do chomh-sheirbhiseach féin, amhuil mar a rinn mise tròcair ortsa?" O! na'm bu léir dhuinn meud nam fiachan a mhaith Dia dhuinn, na'n robh fios againn air àirde agus leud na tròcair a nochd e dhuinn ann an Crìosd, chuireadh ar neo-chaomhalachd ri ar bràithrean crith is eagal oirn.

Is ann an tròcair Dhe a mhàin,

Ata ar muinghinn threun;

A thròcair shaor ar n-anma truagh,

'S ghlàn uainn gach ciout is beud.

Tha am Biobull a' cur barrachd cudthrom air tròcair an Tighearna na tha e a' cur air aon air bith eile d'a bhuidhean, agus shaoileadh tu gu bheil fàidhean agus abstoil a' gabhail tlachd sònruichte ann a bhi ag àrdachadh tròcair an Uile-Chumbachdaich. Tha iad ag ràdh gu bheil a thròcair mòr agus pailt; cinnteach agus seasmach; cha rud i nach mair ach re sealain, oir tha i o shìorruidheachd gu sìorruidheachd, agus mairidh i gu bràth; tha i àrd mar na neamhan agus tha an talamh làn dhith; tha i thairis air gach creutair beò agus air uile oibre a làmhan. Cha 'n 'eil e air a ràdh anns a' Bhìobull gu bheil Dia a' gabhail tlachd 'n a mhòrachd, no 'n a cheartas, no 'n a chumbachd, ach tha e air a ràdh ann gu bheil e a' gabhail tlachd 'n a thròcair. "Co as Dia ann ata cosmhuil riutsa, a mhaithas aingidheachd agus a ghabhas seachad air eusaontas iarmaid 'oighreachd; cha ghleidh e a chorruich gu sìorruidh a' chionn gu bheil a thlachd ann an tròcair?" An uair a philleas sinn ris an Tighearna agus a bheir sinn leinn briathran

leis an cuir sinn impidh air, nach e na briathran a bheir sinn leinn iad so, a chum ar misneach agus ar dòchas a neartachadh, “Is gràs-mhor agus truacanta an Tighearna; mall chum feige agus pailt ann an tròcair.” Gach uair a ghlaodhas sinn air Dia ann an ùrnuigh nach e a thròcair a tha sinn a’ sireadh!

Dean tròcair orm a Dhia nan gràs,

Gu h-ìochdmhor saor-sa mis’

*Réir Ìonmhoireachd do thròcair chaoimh
Glan as m’ uil’ casaontas.*

Is e crìoch àraidh na diadhaidheachd gu’m biodh clann-daonna air an deanamh coltach ri Dia ’n an gné agus ’n an nàdur, ach cha ’n urrainn iad a bhì coltach ri Dia mur bheil iad tròcaireach. Ma mhòthaicheas duine ann féin gu bheil e cruaidh agus duilich ’aomadh gu ìochd, cha ’n e mhàin gu’m bu chòir dha nàire a ghabhail dheth féin ach tha an t-àm aige e féin a cheasnachadh ach am buiu e idir do chomunn nan Crìosduidhean. Tha an t-àm aige eagal a ghabhail nach ’eil a pheacaidhean féin air am maitheadh dha le Dia, oir tha Crìosd a’ teagasg duinn nach ’eil maitheanas ann do dhaoine nach toir seachad maitheanas, no tròcair do dhaoine neo-thròcaireach. Cha ghabhainn an saoghal agus puing mar sin a shearmonachadh as mo cheann féin; cha ghabhainn orm féin a leithid a ràdh mur biodh ùghdarras a b’ fheàrr agam air a shon na mo bharrail féin no barrail duine eile. Ach tha Crìosd ’ga theagasg, agus ’ga theagasg gu soilleir agus gu làidir, oir thubhairt e, “Ma mhaitheas sibh an cionta do dhaoine maithidh bhur n-athair n-èmhaidh dhuibhsa mar an céudna, agus mur maith sibh an cionta do dhaoine cha mhò a mhaitheas bhur n-athair n-èmhaidh bhur cionta-sa.”

Tha daoine nach d’fhairich riamh bròn diadhaidh air son am peacaidhean, daoine nach d’fhairich an feum air tròcair an Tighearna, tha iad am bitheantas cruaidh is fuar-chridheach, deas gu coire fhaotainn d’ an co-chreutairean agus litir an lagha a thoirt daibh an àite lagh na tròcair. Ciod a theireadh Crìosd ris an t-seòrsa dhaoine sin? Ciod ach gu’m feum iad a bhì air am breith a ris; gu’m feum iad a bhì air an atharrachadh ’n an gné agus ’n an coluadar le cumhachd an Spiorad Naoimh, oir ma dh’ fhanas iad mar a tha iad cha ’n ’eil romhpa ach gu’n toir Dia dhaibh aig là a’ bhreitheanais an tomhas a thug iad féin d’ am bràithrean. Mar a tha an t-abstol Seumas ag ràdh, “Gheibh esan breitheanas gun tròcair nach do rinn tròcair.”

An uair a ramsaicheas duine a bheatha ’s a chridhe féin, mar ann an làthair an Tighearna uile-leirsinnich agus le coinneal na Fìrinn, air ghaol a mhearachdan a lorgachadh agus fhaotainn a mach ciod an seòrsa spioraid a tha ann, ma’s urrainn e a ràdh gu h-onorach gu

bheil gràdh is tròcair ’na chridhe d’a cho-chreutairean mar a bha ann an cridhe an t-Slànuighir bheannaichte, tha mi ’n dùil gur e sin an dearbhachd as fheàrr gu bheil a chionta féin air a mhaitheadh le Dia. Maitheanas pheacaidhean—sin rud nach gabh dearbhadh ann a’ cùirt air thalamh, rud ams nach fhaighear comharran follaiseach no feòlmhor, agus a chionn nach fhaigh, tha mòran dhaoine eadar dha bharrail co dhui a fhuair no nach d’ fhuair iad maitheanas am peacaidhean o Dhia. Theirinn ris na daoine sin, am bheil spiorad na tròcair ’n ’ur cridhe? Ma tha, gabhaibh sin ’n a chomharra gu’n d’ thug Dia maitheanas dhuibh air son peacaidhean nan làithean a chaidh seachad, agus gu’n toir e dhuibh maitheanas ams na làithean a tha air thoiseach oirbh. Agus mur bheil, is ion duibh eagal is cùram a bhì oirbh nach ’eil bhur peacaidhean air am maitheadh fathast, agus nach ’eil ’n ’ur aideachadh ach an t-aime gun an tairbhe.

Daoine a chaidh uile air seachran o Dhia, ach a mheal maitheas is tròcair nach gabh tomhas, c’ar son nach biodh iad coibhneil is bàigheil is ìochdmhor ri càch a chéile? Daoine a tha ’n an diolacha-déirce an làthair an Tighearna, ag asluachadh a thròcair, c’ar son a bhiodh iad cruaidh-chridheach is neo-thròcaireach r’ am bràithrean? Mur bheil suim againn d’ar bràithair a tha daonnan maille rinn ciamar as urrainn duinn suim a bhì againn do ’n Dia nach fhaca sinn riamb? Ma tha duine an-ìochmhor is gun innigh tròcair tha e a’ fantuinn anns an dorchadas iomallach far nach ’eil Dia. Cha ’n ’eil rud air an t-saoghal as lugha air Dia na neo-chaomhalachd, oir is toigh leis féin caomhalachd is truacantas; cha ’n ’eil rud air an t-saoghal a dhùnas a mach Spiorad an Tighearna á cridhe duine cho cinnteach ri fuath, is fuachd-cridhe, is searbhadas, is ain-ìochmhorachd.

Is beannaichte na daoine tròcaireach oir gheibh iad tròcair. Ann an seadh fìor tha an saoghal a’ toirt dhuinn uile a’ cheart nì a bheir sin dha. Air uairean cluinnear daoine a’ gearan nach ’eil an càirdean, no an coimhearsnaich, no an saoghal a’ toirt daibh ceartais, ach mar is trice, cha ’n e mhàin gu bheil daoine a’ faotainn ceartais, ach tha iad a’ faotainn rud beag a bharrachd. Pàighidh an saoghal sinn ’n ar cùineadh féin; an duine a tha amharusach gabhar amharus air; an duine a tha tèd-chridheach gheibh e gràdh is faoilteas anns a h-uile àite an teid e; an duine a tha ìochdmhor is tròcaireach e féin, bheir daoine maitheanas dha air son fhàilingean nach maitheadh iad do dhuine eile. Tha so r’a fhaicinn gach latha; is aithne dhuinn uile am measg ar càirdean daoine nach ’eil diadhaidh no eadhon stuama, ach fhathast cha dhraichd

sinn 'n ar cridhe cur sìos orra, no droch fhacal a ràdh umpa, a chionn gu bheil iad féin cho gaolach is coibhneil ri daoine eile. Anns an t-seadh so, mata, gheibh daoine tròcaireach tròcair air thalamh cho cinnteach 's a gheibh iad air nèamh.

Tha mi glé chinnteach gu bheil sinn uile na's cruaidhe na bu chòir dhuinn a bhith air daoine a tha buailteach do pheacaidhean nach 'eil ag iadhadh umainn féin, agus nach 'eil sinn cho caomhail 'sa dh'fhaodamaid a bhith ri muinntir ar tighe féin anns a bheil fàilingean a tha deuchainneach air ar faighidinn, ach eiod is fhiach ar diadhaidheachd no ar creideamh mur toir iad oirnn cuing Chrìosd fhulang, agus a bhi faighidinneach is tròcaireach is coibhneil mar a bha e féin. Ma bu mhaith leinn fantuinn ann an co-chomunn Chrìosd, agus ann an solus Dhé, feumaidh sinn a bhi na's cruaidhe oirnn féin na tha sinn air daoine eile; feumaidh sinn a dheanamh mar a thuir Pol, "gach uile sheirbhe, agus chorruich, agus fhearg, agus ghàrrthaich, agus anacainnt a chur uainn maille ris gach uile mhì-rùn, agus a bhith coibhneil r'a chéile teò-chridheach, a' toirt maitheanas d'a chéile eadhon mar a thug Dia mar an ceudna ann an Crìosd maitheanas dhuinne. Bidh e na's fhasa dhuinn so a dheanamh na chumas sinn cuimhne air an tròcair shiorruidh a tha 'g ar leantuinn féin, agus sinn cho neo-airidh oirre.

ANNS A CHATHAIR.

Ann an toiseach na h-oidheche bha mi a' leughadh mu Mhàrtuinn Luther, agus mar a thàinig Satan air. Theid aig Satan air e féin a chur ann an iomadh cruth, agus a-réir na naigheachd a tha an diadhair Melancthon ag innseadh, thàinig e gu Luther ann an riochd manaich. Leig e air gu'm bu mhaith leis seachas fhaotainn ri duine pongail mu na mearachdan a bha anns an eaglais Phàpanaich, agus thòisich e air ceist an déidh ceist a chur air Luther, agus gun e idir 'n a earalas nach robh anns na ceistean ach ribeachan. Cha bu leasg le Luther riamh dol ann an argumaid mu mhearachdan eaglais na Roimhe; ach bha ceistean is argumaiden Shatain a' fàs na bu duiliche agus na bu duiliche am freagairt, agus mu dheireadh an do ghabh Luther an fhearg agus an d' iarr e air a' mhanach a rathad a ghabhail, oir, ar's' esan, "tha iomadh car eile a b' fheàrr dhomhsa a bhi deanamh na bhi cumail suas seamsain riutsa mu'n Phàpa."

An uair a ghabhas duine an fhearg faodaidh e stad de dheasbud no de chonnsachadh, oir cha dean e ach burraidh dheth féin le briathran gun chuimse. Ach air a shon sin cha bu tàmailt air bith do Luther nach deachaidh aige

air a' ghlas-ghuib a chur air Satan, oir sin rud a tha duilich a dheanamh. Cha 'n 'eil e furasda breith air seann sionnach 'na chadal. Is iomadh rud dona a chuala mi daoine a' cur as leth Shatain, ach cha chuala mi duine riamh a' cur as a leth nach aithne dha a ghnòthuch.

Theagamh gu'n saoil thusa, a leughadair, gur h-e a tha an naigheachd so a' teagasg gur glic do'n h-uile duine Satan a sheachnadh agus gun dol ann an argumaid ris idir, ach ged nach bu mhaith leamsa dol na bu dàna air na théid daoine eile, thàinig an smuain 'n am imtinn, an uair a bha mi a' leughadh mu Luther, gu'm bu ghasda leam cothrom fhaotainn air ceist no dhà a chur air Satan féin, an àite esan a bhi 'g am cheasnachadh-sa. Cha bu mhaith leam gu'n tigeadh a' bhéisd orm agus mi leam fhéin, ach na'm faighinn Maighstir Dòmhuill ann an Baile-chloichridh agus Maighstir Colla anns an Lagan còmhla rium, daoine a bheireadh dhomh cothrom na Feinne, tha mi 'n duil gu rachadh agam air Satan a cheasnachadh gun-sgiths fad oidhche fhada gheamhraidh.

Bu mhaith leam fheòraich dheth eiod a' bharail a tha aige air féin? An aithne dha gur e Satan a tha ann; an aithne dha gur e féin creutair as mìosa anns a' chruthachadh gu léir? Ma their thu gur h-aithne, tha sin a' ciallachadh gu'm faodar dòchas beag altrum d'a thaobh, oir is e féin-eòlas a' cheud cheum ann an aithreachas.

Ach cha 'n 'eil e idir soilleir gur h-aithne do Shatan a chridhe féin cho mhaith 's is aithne dha cridheachan dhaoine. Is dòcha gu bheil e làn riarachta leis féin, agus an àite a bhi 'ga fhaicinn féin na's mìosa na creutair eile anns an t-saoghal, gu bheil e 'ga fhaicinn féin na 's fheàrr fichead uair na Ard-Easbuig Chanterbury. Is e a dhreuchd daoine a mhealladh, ach tha e féin air a mhealladh a thaobh a chridhe agus a chliù agus a ruintean mòran na's fhaide na mheall e duine eile riamh. Tha e ag altrum am beachd dìomhain so, gur e féin Urra is glìce anns a' chruthachadh gu léir, agus gur e an amaideas féin a tha toirt air daoine nithean a chunntas ceàrr a tha 'n a shùilean-san ceart.

Ceist eile a bu mhaith leam a chur air; eiod an t-ainm a tha aige air féin. An e an t-ainm no na h-ainmean a tha againne air? Tha barrachd ainmean againne air Satan na tha air an naosg. Their sinn ris an Diabol, an Buaireadair, Prionnsa nan deamhan, Beelsebub, Belial, an Namhaid, an Droch Spiorad, an Nathair; their ear ris cuideachd an Riabhach Mor, an Mac Mallachd, an t-Aibhistear, an Fear-millidh, an Fear Mor, an Fear as mìosa, an Donas, an Rosad, an Muisean, Domhull dubh. Cò an t-ainm dhiubh sin a bhios aige air féin? Na'm faigheamaid sin a mach dh'innseadh e dhuinn ann an tomhas beachd

Shatain air féin. Tha cuid de na h-ainmean sin na's bòidheche leinne na chéile, ach faodaidh e bhith nach toigh leis-san idir an t-ainm as bòidheche leinne. Ged a chuireas am facal diabhòl crith air m' fheòil féin, agus ged nach toigh leam a ràdh eadhon ann an àite anns a bheil e air a cheadachadh (anns a' chùbaid), theagamh gu bheil àile cùbhraidh de'n fhacal ann an sròn Shatain. Agus air an làmh eile faodaidh e bhith gu'm bi e air a nàrachadh an uair a labhrar uime mar Dhomhull dubh.

Tha sin 'g am thoirt gu ceist eile a bu mhaith leam a chur air; am bi e a' gabhail nàire dheth féin air uairean? Agus a' bheil tlachd aige 'n a obair, no an toir e dha sòlas an uair a ni e car a tha sònruichte is barraichte a thaobh teòmachd? Cha 'n 'eil e furasd a chreidsinn gu'n leanadh creutair air bith air obair fad linntean gun àireamh mur biodh an obair a' còrdadh ris, agus tha e glé choltach gu bheil a chuillbheartan féin a' toirt toilinntinn do Shatan dìreach mar a tha e 'n a thlachd do threabhaiche sgrìob dhìreach a tharruing, no do bhàrd rann shuas-mhor a dheanamh. Ach air a shon sin, cha 'n 'eil teagamh nach bi Satan air uairean feargach ris féin a chionn gu'n do leig e leis an rud ud no leis an rud ud eile dol 'n a aghaidh. Cluinnear bitheanta gu leòir nu na buaidhean a tha e a' faotainn, ach feumar a chumhneachadh nach 'eil Satan daonnan soir-bheachail 'na obair, agus gu bheil cùisean a' dol 'n a aghaidh glé thrice. An uair a thachras sin, ciod a bhios e a' smuaineachadh? Am bi e 'ga thagar féin? An abair e, "Cha do ghabh mi dragh gu leòir ann a bhi deanamh ribe air son an duine ud, agus cha deachaidh mi ris cho seòlta 's a bu chòir domh?" Air neo am bi e a' cur na coire air neach air chor-eigin eile? Saoilidh mi nach 'eil e idir cho nàrach do Shatan ionnsaigh a thoirt air ceatharnaich 's a tha e dha ionnsaigh a thoirt air truaghain, agus nach ruig e a leas uail air bith a dheanamh á cuid de na blàir is ainmeile a chuir e. Ged is mòr an cliù a choisinn e dha féin air taillibh toirt air Eubh am meas toirmisgte itheadh, agus ged is mòr an toradh a thàinig á obair an là sin, saoilidh mi nach ruig Satan a leas bòilich a dheanamh gu'n deachaidh aige air Eubh bhochd a mhealladh. Theagamh nach cuireadh e meas mòr air bith air an obair a rinn e ann an garadh Edein, agus gu'n abradh e gu'm faodadh e mìle rud eile ainmeachadh mar dhearbhadh a b' fheàrr air a' chumhachd agus a theòmachd. Cha robh ann an Eubh ach pàisde gun ghò, gun eòlas aice air an t-saoghal, gun smuain 'n a cridhe gu robh olc ann an creutairean eile nach robh innte féin, air chor agus nach robh e duilich do Shatan a leithid a mhealladh. An àite e bhì 'n a ite 'n a bhoineid gu'n d' thug e

a thaoibh i, is ann a bu chòir dha nàire a bhi air, gnothuch a ghabhail ri neach nach bu sheise dha. Na'n deachaidh e ann an caramh Adhaimh cha bhiodh e idir cho tàmailteach dha, ach dol ann an caramh Eubha bhochd, cha robh ann an sin ach mar gu'm faicedh tu gunnacha mòra a dol an aghaidh bhoghachan-saighead. Tha am facal *Mùisean* a' ciallachadh duine mosach nach fhuu, duine gun uaisle, gun sprachd, a ghabhas gach cothrom a gheibh e, agus thoil Satan an t-ainm Mhisean an uair a sgaoil e a lion agus a dhealbh e a bhreugan air son Eubha. Na'm faicedh tu Satan agus Pol a' liodairt a chéile, no Satan agus Luther, dh' fhaodadh tu seasamh m', an coinneamh gun dol 's an eadarginn, oir bhiodh fhios agad gu rachadh aig Pol is Luther air buille m'an bhuille a thoirt dha agus buille a bharrachd, ach na'm faicedh tu e a' dol an caramh Eubha rachadh tu 's an eadarginn a dh' aon riutha, a chionn nach robh a' chaonnag cothromach no coltach. Bu mhaith leam, mata, fhoighneachd dheth a bheil nàire air a nis gu'n do bhuair e Eubh.

Bu mhaith leam fhoighneachd dheth cuid-eachd ciod a' bhàrail a tha aige air a' chinneadh-daonna gu léir, agus gu sònruichte air duine an sid 's an so a dh' ainmichinn. Ann an iomadh dòigh b' fhiach dhuinn comhairle Shatain agus beachd Shatain fhaotainn (is e sin na'n labhradh e 'inntinn gu saor), oir is ann le bli dol ceithir thimchioll air gach duine is gnothuch a ruigear air an fhirinn. Agus is aithne dhasan iomadh rud nach h-aithne dhuinne. Tha sinn air ar bòdhradh le bhì cluinntinn dhaoine ag ràdh gu bheil an eaglais a' dol air a h-ais, gu bheil an saoghal a' tuiteam air falbh o'n chreideamh, agus an àite a bhì fàs agus a neartachadh gu bheil rioghachd Dhe a' dol an coinneamh a cùil. Ach tha amharas agam nach 'eil Satan féin de'n bheachd gu bheil cùisean a' dol leis cho mhaith 's a thatar ag ràdh, ged a' dh' fhaodas gur h-e a tha toirt air daoine a bhì gladhach gu bheil rioghachd Dhé air thalamh a dol air a h-ais. Ach cha 'n 'eil an sin ach aon d'a chuillbheartan; coltach ri Ludendorff is seanalàirean mòra eile bidh e a' feadaireachd agus a bualadh a bhas los a thoirt air daoine a chreidsinn gu bheil an là a dol leis, an uair a tha fhios aige 'n a chridhe nach 'eil. B' aithne do Shatan na ginealan o shean cho mhaith ri gineal an là so, agus bu mhaith leam a chluinntinn 'g an coimeas r'a chéile. Na'n sgrìobhadh Satan eachdraidh a bheatha, agus na'n innseadh e mu na daoine ris an robh gnothuch aige, agus mu na gnoth-uichean anns an robh làmh aige, b' fhiach do dhuine an leabhar a cheannach ged a reiceadh e a léine air a shon. Bhiodh e na b' fheàrr na leabhar bean Asquith.



CRIOSD AGUS BANA-GHREUGACH.

Cha 'n 'eil e iomchuidh aran na cloinne a ghabhail agus a thilgeadh eum nan con.—
MARC vii., 27.

Aig an àm anns an do thachair an ni air a bheil iomradh againn anns na briathran so, bha a luchd dùthcha air togail an aghaidh Chrìosd. An uair a chunnaic iad nach gabhadh e an comhairle, agus nach cuireadh e air chois rioghachd Dhé anns an dòigh anns am bu mhaith leosan, thionndaidh iad air cho guineach 's gu'n robh a bheatha an cunnart. Chuir e roimhe, uime sin, Galile fhàgail agus dol do chearn air chor-eigin far nach biodh fios cò e, agus far am faigheadh e cothrom air fois fhaotainn car greis. Chunnaic e nach robh feum sam bith dha a bhì bruidhinn riu aig an àm, agus gu'm b' fhearr dha làmh a thoirt air an dà fhear dheug a theagasg, gus am fuaraicheadh a luchd dùthcha, agus an tigeadh iad thucadh féin a rìs.

B'e an t-àite air an do chuir e féin agus a dheiseicbuil an aghaidh, baile beag an taobh a mach de chrìochan Ghalile anns an aird an iar thuath, far nach do ràinig eòlais Dhé an sluagh, agus far an robh iad ag aoradh do iodhalan. Ach cha luaithe a chuir iad cas anns a' bhaile no chaidh fuaim an teachd air feadh an t-sluaigh, agus thàinig bean a dh'ionnsuidh Chrìosd a' guidhe air a nighean anns an robh spiorad neòghlan a shlànachadh. Faodar a thuigsinn, o'n dòigh anns a bheil an soisgeulaiche Marc ag innseadh na naigheachd so, gu'n do chuir am freagairt a thug Chrìosd do'n mhnaoi iongantais nach bu bheag air. Tha e a' cur iongantais air daoine gus an latha diugh, oir tha na briathran a labhair Chrìosd eu-coltach ri sheanchas am bitheantas.

Bha e nàdurra gu leòir gu'n tigeadh a' bhàna-ghreugach a dh'ionnsuidh an t-Slànuigheir. Cha ruigear a leas a shaoilsinn gu'n robh eòlas spioradail aice nach robh aig a coimhearsnaich no gu'n robh creideamh aice ann an Chrìosd anns an t-seachd anns a bheil am facal air a chleachdadh am measg chreidmeach an diugh. Cha 'n 'eil teagamh nach cual i iomradh air na mìorbhuilean a bha e a' deanamh ann an Galile, agus nach d' thug luchd turuis thuice sgeulachdan fìor is breugach mu na daoine a leighis e. Bha iomaguin oirre mu thimchioll a nìghinn agus dìreach mar a dh' fneuchas sinn uile gach leigheas is lighiche air an cluinn sinn deagh iomradh m' an toir sinn suas ar dòchas, chuir i roimhe Chrìosd fhaicinn feuch am b' urrainn e cobhair a dheanamh oirre. Bha an teachdair-

eachd air an do ràinig a' bhean e caomhail, ach an urrainn sinn a radh gu'n robh am freagairt a thug esan dhith caomhail? An toiseach cha do fhreagair e idir, ach an uair a ghuidh 's a ghuidh i air tròcair a nochdadh do mhàthair 'n a h-éigin, thuir e rithe gur h-ann gu caora chàillte Israeil a thàinig esan. Cha do chuir eadhon na briathran sin air falbh i; lean i e féin 's a dheiseicbuil a steach do'n tigh agus ghuidh i air le deòir a nighean a shlànachadh. An sin thionndaidh e agus thuir e rithe nach robh e iomchuidh aran na cloinne a ghabhail agus a thoirt do na coin. An àite fearg a ghabhail no a misneach a chall, rug i air an fhacal shearbh mar gu'm bu ghreim milis e, *Is fìor sin, a Thighearna, gidheadh thidh na coin fo 'n bhòrd de sbruileach na cloinne.* "Nach bu ghleusd a fhreagair i e," arsa Luther, "ghlac i Chrìosd ann an rìbe a bhriathran féin."

Na'n do chuir Marc na briathran so am beul sgrìobhaiche cruaidh-chridheach, theireamaid nach ruigteadh leas futhair a bhì ris a' chòrr, ach their sinn gu bheil iad anabarrach iongantach am beul neach a bha cho caomhail is truacanta ri Chrìosd. Cha do ghoirtich esan duine riamh; cha d' thug e droch fhreagairt air an neach a bu diblidhe a thàinig 'ga ionnsuidh, oir cha b' ann a dhiteadh dhaoine a thàinig e ach 'gan teàrnadh. Cìod, ma ta, a bha e a' ciallachadh leis an fhacal ud?

Their cuid nach b' ann a dheanamh mhìorbhuilean a chaidh e do'n bhaile ud ach a leigeil a sgrìos, agus nach robh e air son rud sam bith a dheanamh leis am faigheadh an sluagh a mach cò e, agus am faigheadh a naimhdean a mach e' àite an robh e am folach. Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil sin fìor; bha feum aige air fois agus sàmhchair aig an àm, agus cha bu mhaith leis gu'm biodh 'ainm 's a dhreuchd am beul an t-sluaigh. Ach aig a' cheart àm, cha ghabh sin lethsgèul nam briathran, ma labhair e iad. Dh' fhaodadh e am boirionnach a dhiultadh gun a goirteachadh.

Their cuid eile gu'n do labhair e air an dòigh ud a chionn nach ann ris na cinnich ach ris na h-Iudhaich a bha a ghnòthuch. "Chuireadh mise gu caora chàillte Israeil." B'e toil Dhé eòlas na fìrinn a thoirt do shluagh Israeil an toiseach a chionn gu'n robh iad deas air son an eòlais sin mar nach robh càch, agus an déidh làimhe abstoil a thogail suas á measg nan Iudhach a chraobh-sgaoileadh an soisgeul gu dùthchannan eile. B'e sin toil Dhé, agus an feadh 's a bha Chrìosd air thalamh bha e umhal do thoil Athar agus rinn e an obair a thug Athair dha ri dheanamh anns an dòigh anns an d'

òrduich 'Athair dha. Chuir e seachad làithean a bheatha am measg nan Iudhach, ged a rinn e tròcair uair no dha air feadhaim nach buineadh do chomhcheangal a' gheallaidh. Tha e furasd a thuigsinn c'arson nach bu mhaith leis mìorbhuilean is comharraidhean a dheanamh am measg sluaigh a bha 'n taobh a mach de chrìochan nan Iudhach, agus ged a dhiùltadh e éisdeachd ri ùrnuigh na mnatha, cha b' urrainn sinn a ràdh gu'n do nochd e cruas-cridhe no neo-chaomhalachd. Is e an rud a tha iongantach gu'n labhradh e cho suarach agus cho fuar ri màthair bhochd aig an robh cridhe goirt. An do rinn e sin da-rìreadh? Tha sinn an dùil nach do rinn agus nach robh a chainnt idir cho neo-chaomhail 's a shaoilear.

Tha mòran sgoilearan am beachd nach robh anns an fhacal a thùbhairt e ach sean-fhacal a bha cumanta 's an dùthaich, agus nach robh Crìosd a' ciallachadh a' bhean no a luchd dùthcha a choimeas ri coin, ged a thuit dha an sean-fhacal a chleachdadh. Chuir am beachd maith a bha aig a' mhnaoi air féin, ged bu choigreach e, iongantas air, agus los dearbhadh beag a chur oirre, thuirt e rithe an sean-fhacal ud gu réidh caoimhneil, mar gu'n abradh e—Cha 'n aithne dhuit mise is cha 'n aithne dhomh thu; innis dhomh c'arson a bheirinn do choigreach na tìodhlacan a bhuineas do mo dhaoine féin. B' aithne do 'n bhoirionnach an sean-fhacal gu maith agus fhreagair i e le fear eile, mar gu'n abradh i—Tha a leithid sin de fhacal ann gun teagamh, ach tha sean-fhacal eile ann a tha ag ràdh gu'm faod eadhon na coin an sbruileach itheadh. Feumar na sean fhacail daonnan a thuigsinn a réir an spioraid anns a bheil iad air an cleachdadh, agus an dòigh anns a bheil iad air an labhairt. Ma labhair Crìosd an sean-fhacal ud le fiamh gàire air 'aodann—agus tha sinn an dùil gur h-ann mar sin a bha—thuigeadh a bhana-Ghreugach gu maith nach robh e a' ciallachadh a diùltadh agus nach robh neo-chaomhalachd sam bith 'na chridhe. Tha e duilich sean-fhacal a thionndadh o aon chainnt gu cainnt eile, agus is dòcha nach robh am facal idir cho maol anns a' chainnt anns an do labhair Crìosd e 's a tha e ann an Gàidhlig. Is e a tha so uile a' ciallachadh, nach ruigear a leas a bhì cur 'as leth Chrìosd gu'n do bhruidhinn e gu suarach ri boirionnach a bha 'na h-éigin, no gu'n do ghoirtich e i, an uair a bha feum aice air caomhalachd is comhfhurtachd. Cha b' ann a dheanamh magaidh air a bhràithrean a thàinig e ach 'g an leigheas.

I. Tha beannachdan spioradail a' leantuin freasdal searbh. Tha na neòil is duirche làn de thròcair chaoimh an Tighearna, agus air cùl freasdailean a chuireas eagal is crith air a shluagh tha rùintean caoimhneil an Athar. Tha searbhadas is mìlseachd gu tric anns an aon

ghucaig. Tha an Tighearna ceart 'na uile shlighean agus naomh 'na uile ghuimharan. Cha 'n ann gun aobhar no air ghaol an sàruchadh a smachdaicheas e a chlam. Tha e gràmhor agus truacanta, agus tha a chaomh thròcairean os cìom nan uile dhaoine. Léighsidh e iadsan aig am bheil cridhe briste, agus ceanglaidh e suas an leònta. B'e an trioblaid a bha 'n a dachaidh a thug am boirionnach so gu Crìosd. Cha 'n fhac i riamh aghaidh an t-Slànuigheir, mur tigeadh timeas is trioblaid a dh' ionnsuidh a tìghe; ach o'n dòimhneachd ghlaodh i ris, agus fhuair i a mach gu'm b' esan da-rìreadh an Tighearna tròcaireach is caomhail. Is searmonaiche drùighteach a tha ann am bròn, agus glacaidh e aire dhaoine nach toir géill do sheòrsa eile. Tha mìltean de spioradan frith-ealaidh aig Dia agus is e bròn aon dhiubh. Tha e 'na mheadhlon air daoine a thoirt a mach as na callaidean neo-chinnteach a thogas iad dhaibh fein, agus an toirt gu fagadh a ghabhail fo sgàile an Uile Chumhachdaich. An uair a mheudaicheas trioblaid irioslachd, agus a thàirngeas i buill teaghlach na's dlùithe ri chéile na bha iad roimhe, tha i dhaibh 'na h-ingeal beatha an àite a bhì 'na cùis-eagail.

II. Is còir ùrnuigh a dheanamh a ghuàth agus gun fhannachadh. Le bhriathran agus gu sònruichte le 'eiseimpleir theagaisg Crìosd sin do na deiseibull. Los an rud a dheargadh air clàr an cridhe air chor agus nach dichuimhnicheadh iad e, labhair e dà chosmhachd a tha le chéile a' teagasg nach sgithich Dia dhiubhsan a thig thuige gu tric ann an ùrnuigh. Cha d' fhuair a' cheud ùrnuigh a rinn a' bhean so éisdeachd, agus na'n do stad i, chailleadh i an tìodhlac mòr a fhuair i air a' cheann mu dheireadh. Cha ruigeadh a h-uireasbhuidh leatha a bhì 'na tosd, agus ghuidh is ghuidh i gus an d' fhuair i furtachd. Ma tha dian-iartus draghail le daoine, cha 'n 'eil e draghail le Dia. Cha sàruich a shluagh esan le bhì ag eigheach ris a là agus a dh' oidhche. Is toigh leis iadsan nach fannaich ann an ùrnuigh, agus is ann dhaibh a dh' fhosglaas e a làmh gu fialaidh. Cha ghabh creideamh cumail beò gun ùrnuigh, oir is e ar n-ùrnuighean a tha 'gar ceangal ri beatha is cumhachd Dhé. Tha ùrnuigh do spiorad an duine mar a tha an t-adhar d'a chorp. Is e Dia grian an anama agus ann an ùrnuigh tha an t-anam air a chur an teis-meadhoin solus is blàths na gréine. Faodaidh fàilingean gu leòir a bhì ceangailte ri creidmhich—agus bidh fàilingean annta gus an tilg iad an deò—ach cho fad agus a leanas iad air ùrnuigh, cha ruig iad a leas eagal a bhì orra gu'n do bhàsaich spiorad na diadhaidheachd annta. Theid obair nan gràs air aghaidh annta a dh' aindeoin iomadh fàiling. Ach an uair a thòisicheas daoine air dearmad a dheanamh air ùrnuigh,

agus a leigeas iad làithean is seachduinmean seachad gum an glùn a lubadh an làthair Dhé, tha iad marbh gu spioradail ged a dh' fhaodas ainm a bhì aca gu bheil iad beò. Tha spiorad na h-ùrnuigh agus spiorad na diadhaidheachd air am faotainn còmhla daonna.

—:—

CUAIRT A' MHNISTEIR GHALLDA.

[*Bha an sgeul so air a sgrìobhadh leis an Ollamh Tormod Mac Leoid nach maireann.*]

Air feasgar latha Sàbaid, deireadh an t-samhraidh a chaidh seachad, thàinig duine àraidh a dh' ionnsuidh mo thighe a dh' iarr facal a labhairt riom ann am sheòmar féin, a chionn gu'n robh mi-eigin aige ri ràdh nach bu mhaith leis neach eile 'g a chluinntinn. Thug mi steach e agus dh' fheòraich mi dheth ciod a bha aige ri chantainn.

Is duilich leam, ars' esan, dragh a chur oirbh air an fheasgar so, an déidh saothair au latha, ach is e an éigin a chuir mi d' ur n-ionnsuidh, agus uime sin tha dòchas agam gu'n toir sibh maitheanas dhomh. Tha mo choimhearsnach truagh, Seumas, do réir coslais air leabaidh a bhàis, agus cha'n fhòghnadh leis gum fios a chur oirbh, ged is iomadh là a rinn e tàir oirbh agus a dhuilt e 'ur n-éisdeachd.

Rinn thusa, deir mi, mar bu chòir dhuìt, tighinn, agus da-rìreadh is e an éigin a chumadh mise air m' ais o dhol 'g a fhaicinn. Cha dean mi moille sam bith; gabh thusa air d' ais agus innis dha gu bheil mi air mo cheum 'ad dhéidh. Dearmadach mar tha Seumas truagh, agus seachantach air òrduighean an t-soisgeil, co is urrainn a ràdh ciod a tha am beachd an Tigh-earna m'a thimchioll. Is maith an comharraidh e bhì iarradach air m' fhaicinn; gu'n deònaich-eadh Dia dhuinn aobhar dòchais as a leth.

Bu duine Seumas aig an robh mòran de thuigse agus de chiall nàdurra, duine tapaidh an gnothuichibh dùthcha, ach bha e a' chùid bu mhò d'a làithean toigheach air deoch agus air ruidhteireachd; chinn e dearmadach air uile mheadhonan nan gràs; sheachain e tigh-aoraidh Dhé, agus tharruing e an companas ri daoine gòrach, ain-diadhaidh mar e féin. 'Se deoch is amaideachd a thug galair a' bhàis 'na charamh, agus an uair a chaidh mise stigh do'n t-seòmar 's an robh e 'na luidhe, bu déistinneach r'a fhaicinn an coslas truagh a bha air—bha eagal, amharus, bròn, dòbhail-misnich, agus uambas mòr, air an deargadh gu domhain 'u a shuil agus 'n a aogas gu léir. Bha e caithte gu neo-ni, agus cha 'n fhaca mi, ar leam, riamh aon duine bu mhò a b' aobhar truais na e, ged a bha e soilleir gu'm b'ann air 'inntinn 's nach b' ann air a cholluinn a bha chuid a bu mhò d'a

thrioblaid. Shoeruidh e shùil orm cho luath 's a chaidh mi stigh agus dh' fheuch e r'a làmh a shìneadh a mach.

Shuidh mi ri taobh na leapadh is thuirt mi ris: Is duilich leam d' fhaicinn 's a' chor so; cha chuala mi gu'n robh ni air bith a' cur ort gus an do ràinig do charaid mi air an fheasgar so, ach tha dòchas agam gu'n sin Dia do làithean fhathast gu aobhar a bhì agad a mhaithreas aideachadh le taingealachd.

Ghluais e a cheann, dhruid e a shùilean, agus tharruing e osna throm, mar gu'm biodh e as eugmhais dòchais.

Ciod, a deir mise, a tha an léigh a tha frith-ealadh ort ag ràdh? Ciod i a bharail ort.

Cha 'n 'eil dòchas sam bith aige, ars' esau, r'a thoirt dhomh; tha e ag ràdh nach 'eil e 'na chomas a' bheag no mhòr a dheanamh air mo shon.

An ann mar sin a tha, deir mise, le cainnt stolda, ach an ni a tha eu-comasach do dhuine tha e soirbh do Dhia. Is mi a dh' fhaodadh a ràdh, oir is minic a chunnaic mi iadsan a thug léigh saoghalta thairis a tighinn uaith, ach ciod do bharail fein? Dh' amhairc e 'am aodann le sealladh a-chuir oilt air mo chridhe. Is duine marbh mi, ars' esau, agus 's i chuis as miosa, is duine cailte mi. Air d' athais, a deir mise, nar leigeadh Dia, na labhair air an dòigh sin.

Thaislich so e; labhair mi ris gu foil leis a' chainnt a bu chaomhaile agus a bu chàirdeile a b' urrainn domh a chleachdadh, a' cur an céill an doilgheadais mhòr a bha orm nach robh fios agam na bu tràithe mar a bha e, agus a' gearan nach do leig iad fios domh.

Mata, ars' esan, b'e sin mo mhian-sa ach bha nàire orm; chuir mi dàil ann an sin a dheanamh mar a chuir mi dàil anns gach ni eile, agus chuirinn dàil ann a chaoidh mur biodh am bàs air teachd 'am rathad—ach thàinig esan agus thàinig soilleireachadh an uamhais 'na chois. Dh' fhairtlich orm a bhì sàmhach na b' fhaide, ach b' fheàrr leam gu'n do chuir mi fios oirbh na bu tràithe—tha e nis tuilleadh is annoch, chaill mi mo latha, chaill mi mo chothrom. O, is duine cailte mi, tha fios agam gur h-ann mar so a tha.

Tha dòchas agam, a deir mise, gur ann a thàinig atharrachadh mòr air d' imtinn. Dhùisg Dia thu chum do chunnart fhaicinn agus esan a thòisich air an deagh obair, nach faod e, ann an saoihbreas a thròcair, a toirt air a h-aghaidh ceum air cheum chum foirfeachd.

Cha toir, cha toir, a deir e. Dòchas cha 'n 'eil agam, pheacaich mi thar saorsa agus cha 'n 'eil cionta mach do rinn mi. Dòchas agamsa! ars' esan, le buaireas uamhasach spioraid, agus le osnadh a shaoil leam a sgàineadh a chridhe. Dh' amhairc e orm 's an aodann, agus mar a bha mi dol a labhairt, thàinig boirionnach a bha

stigh dlùth air an leabaidh, le soire beag as an do thairg i deoch dha.

C' arson, ars' ise, a tha thu labhairt mar sin, Cha 'n 'eil thu cho dona 's a tha thu a' leigeadh ort; tha na mìltean mu 'n cuairt duit na 's mìosa. Is ann duit féin a bha do lochd—c' arson a labhradh tu 's an dòigh sin.

Sméid e gu grad le 'laimh i bhì sàmhach. Nach cuist thu, ars' esan, is mò a's fada a b'è sin mo bhàrail féin ach O! 's ann air m' anam bochd-sa a thàinig an t-soilleireachd eagalach.

Is gòrach a bhean, a deir mise, do chainut; cho ghmòmh càirdeil a tha thu deanamh, labhairt mar so ris; do réir coslais tha beachd as fearr aige air cor anama an làthair Dhé na tha agad-sa. Ciod e dha-san ged a bhiodh na mìltean na bu mhiosa na esan, an seasadh sin a lethseul-san? Bheirear breith air-san air son a dheanadais féin agus cha n' ann air son deanadais muinntir eile. Tha thu ag ràdh nach 'eil Seumas idir cho peacach 's a tha e am barail. Gu truagh tha sinn uile na 's peacaiche ann am fianuis an Dé uile-naoimh na gu'm faodadh e amharc oirnn ach le dubh-ghràin. Bho cheartas Dhé tha sinn uile 'a toiltinn sgrios siorruidh, agus gun teagamh b'è so a thigeadh oirnn mur biodh an Tighearn Iosa air éiric cho luachmhor a thoirt air ar son, le bàsachadh chum ceartas Dhé a riarachadh agus réite a chosnadh.

An uair a chual an duine tinn iomradh air ainm an t-Slànuigheir, ghlaodh e mach le dòchais agus le guth buaireasach—Cha 'n 'eil an Slànuighear dhomb-sa!

Cha 'n 'eil e comasach innseadh an dòigh air an do labhair e na briathran sin. Bha neul tiugh agus dorcha eadar e agus tròcair Dhé ann an Crìosd, cha bu leir dha gnùis Dhé ach ann an corruich. Cha robh deur air a shùil, cha d' thàinig taiseachadh no maothachadh air a chridhe. Bha e mar dhuine a bha làn dearbhta 'na inntinn féin nach robh dòchas aige. Chuir so oillt orm agus is gann a bha fios agam ciod a bu chòir dhomh a ràdh.

Mo tha thu creidsinn, arsa mise, ann an Iosa Crìosd, is éigin duit a chreidsinn gu bheil e comasach chum tearnadh. Tha mi 'ga chreidsinn sin, ars' esan. Agus an e nach 'eil e comasach, deir mise, air thusa theàrnadh cho mhaith ri duine eile? Bu dìmeas air a ghràs is air a ghlòir a smaointeachadh gu bheil a chumhachd-san neo-chomasach air a pheacach as mò air aghaidh an t-saoghail a theàrnadh. Bha e 'n a thosd car tamuill ach mu dheireadh fhreagair e gu cabhagach. Tha e cumhachdach ach cha 'n 'eil e toileach. Tha, deir mise, tha e làn thoileach is tha e comasach. Ach leughaidh mi dhuit an còigeamh caibideal deug a réir Lucais, chum gu 'm faic thu an sòlas a tha air neamh ri iompachadh aona pheacach. A

nall dhomh, a bhean, am Biobull, chum gu'n cluinneadh e cho toileach 's a tha Dia gu gabhail ris.

Chunnaic mi gu'n do chuir so iomaguin oirre ach thòisich i mar gu'm biodh i 'ga iarraidh.

Thog an duine truagh a bha 's an leabaidh a cheann agus thuir e—Dean suidhe, a bhean, cha 'n àm so gu ceilg no breug; cha 'n 'eil Biobull againn 's an tigh, agus ged a bhithheadh, cha deanadh gach rann dheth ach mo dhiteadh. Chuir mise cùl ris a' Bhiobull ann an là mo shlàinte agus chuir Dia a nis cùl rium-sa air leabaidh mo bhàis.

Thug mi làmh air mo Bhiobull féin agus leugh mi dha a' chaibideal a dh'ainmich mi. Tharruing mi a smaointean gu caoimhneas a' Bhuachaille a chaidh air tòir na caorach a chailleadh, 's a ghiùlan dachaidh i le gairdeachas. Druigheadh so, arsa mise, air do chridhe-sa, agus bi làn chinnteach gu bheil Dia a' feitheamh gu bhì gràs-mhor, agus gu'n toir e fainear a' cheud togradh a dhùisgeas ann ad chridhe gu maitheanas fhaotainn.

Bha Seumas bochd 'n a thosd ach bha e soilleir nach robh sìth fhathast 'n a inntinn. Cha do chuir e suas aon ghuidhe ri nèamh no aon ghuth air son maitheanas, gidheadh labhair mi ris fhathast le dòchas. Tha thu faicinn, arsa mise, gu bheil Dia cho deònach 's a tha e comasach air gach neach a thig thuige a shaoradh, g'e b'è air bith cò e. Ciod, ma ta, a chumas tusa a mach. An iad do pheacaidhean? Ged robh iad dearg mar an sgàrlaid, nithear geal mar an sneachd iad. Glanaidh fuil Chrìosd o gach peacadh.

Cha do labhair e facal. Na'n d' iarr e orm ùrnuigh a chur suas, bhiodh sòlas orm. Ach cha robh sin, do réir coslais, 'n a bheachd. Bu mhithich dhomh-sa, uime sin, mo dhleasdanas féin a dheanamh agus so a chur 'n a chuimhne. Thuir mi ris leis gach bàigh is caoimhneas a b' urrainn dhomh a chleachdadh. A Sheumais, aontaich leam ann an ùrnuigh. Leig dhomh tròcair an Tighearna asluchadh as do leth.

An déidh dhomh crìochnachadh mhòthaich mi gu'n robh na deòir air a shùilean ach cha do labhair e facal. Slàn leat an nochd, arsa mise, Dia bhì maille riut.

Air an là màireach chaidh mi 'ga amharc agus bha seachas eile agam ris. Am bheil e comasach, ars' esan, gu'n gabhadh Dia ri mo leithid. Cha 'n urrainn domh a' smaointeachadh, gidheadh, O mo Dhia. Thàinig reachd 'na mhùineal, thuit e thairis, agus ann an ùine ghoirid thug e suas an deò.

B'è so toil an Tighearna. Co dhui a bha no nach robh e, an àm a bhàs, ann an réite ri Dia, cha bhuin e dhui na ràdh. Aon ni a tha cinnteach, cha d' fhuair e bàs ann an sìth.



TLACHD AN TIGHEARNA.

Rannsaichibh na sgrìobtur.—Eoin V., 39.

Ged nach h-iarraidh Crìosd oirnn idir na sgrìobtur a rannsachadh bhiodh e maith dhuinn sin a dheanamh, òir tha an sgrìobtur air a dheachdadh le Dia, agus tarbhach a chum teagasg, a chum dearbhadh, a chum cronachaidh, a chum oilein ann am fireantachd. Cha 'n 'eil fear-mìneachaidh air an sgrìobtur as fheàrr na 'n sgrìobtur féin; cuiridh aon rann solus air rann eile; cuiridh na fàidhean solus air na h-abstoil agus na h-abstoil air na fàidhean, agus cuiridh Crìosd solus orra le chéile. Rannsaichannaid, mata, na sgrìobtur an agus gabhannaid beachd air na nithean anns nach 'eil tlachd aig Dia agus na nithean anns nach 'eil tlachd aige idir.

Tha e furasda gu leòir dhuit gné is nàdur duine a thuigsinn an uair a gheibh thu a mach cìod iad na nithean anns a bheil tigh is tlachd aige, oir innsidh an dùrachd an cridhe. “Far a bheil ar n-ionmhas an sin tha ar cridhe.” Ma tha tlachd aig duine ann an iorghuill, no ann a bhi stuigeadh a choimhearsnach an càch a chéile, no ann a bhi 'g am faicinn a' dol sìos am bruthach agus a' call an codach, tha e furasda gu leòir a thuigsinn nach 'eil anns an duine sin ach fìor dhroch dhuine aig a bheil cridhe fuar is olc. Aithnichear duine air na daoine agus na nithean anns a bheil a tlachd. Tha a' cheart ni fìor a thaobh Dhe; tha a chridhe agus a rùintean air am foillseachadh dhuinn anns na h-earrannan sin de'n Bhiobull a tha ag innseadh dhuinn na nithean anns nach 'eil tlachd aige.

Tha trì nithean ann anns nach 'eil tlachd aig Dia, seadh ceithir nithean nach toir toil-eachas dha, casan fir, bàs an aingidh, iobairtean gun sùgh, is amadain.

- (1)—Salm cxlvii., 10.—Ann an casan fir cha gabh e tlachd.
- (2) Eseciel xxxiii., 11.—Mar is beò mise, déir an Tighearna, cha 'n 'eil tlachd air bith agam ann am bàs an aingidh.
- (3) Isaiah i., 11.—Ann am fuil tharbh, agus uan, agus bhoc ghaibhre cha 'n 'eil mo thlachd.
- (4) Eccles. v., 4.—Cha 'n 'eil tlachd aig Dia ann an amadain.

I. *Ann an casan fir cha gabh e tlachd: ann an neart an eich cha bhi a thoilteachas.* Cìod a tha an salmadair a' ciallachadh leis an fhacal sin? Tha, nach ann air an taobh a muigh a sheallas Dia ach air a chridhe. Tha cuimhne agad, a leughadair, air an rud a thubhairt Dia ri Samuel an uair a chuir e e gu tigh

Iese a dh'ungadh fear d'a mhic mar rìgh air Israel—“Na h-amhairc air a ghnùis, no air àirde 'a phearsa, oir cha 'n fhaic Iehobhah mar a chi duine; oir amhaircidh duine air coslas an taobh a muigh, ach amhaircidh Iehobhah a steach air a chridhe.” Is beag e am an sealladh an Tighearna ged bhiodh duine air dhroch casan, seadh ged bhiodh e gun chasan idir, ma tha e iriosal is macanta is glan 'na chridhe. Ach tha amharus agam gu robh tuilleadh is so ann an iuntinn an t-salmadair an uair a thuir e am facal ud. B'e an t-each a bha 'n a iuntinn, *cach-cogaidh*, agus na casan, casan *saighdear-coise*; mar gu'n cuireadh e ann an cuimhne a luchd-dùthcha nach b'ann ann an cumhachd an airm a bu chòir daibh a bhi deanamh earbsa, ach ann an ceartas is fìrinn. Coltach ris na rioghachdan eile a bha mu'n cuairt oirre bha arm láidir aig Israel, mìltean de shaighdearan coise agus mìltean de shaighdearan each, agus bha i ullamh gu bhi deanamh uail is earbsa á luathas a laochraidh agus a' neart a h-eachraidh, ach tha an salmadair ag ràdh rithe gur fheàrr fàbhar is còmhachd an Tighearna na uile neart a h-airm. Ri taobh nam briathran so cuiridh mi sìos rannan eile a tha tilgeadh soluis orra—

Salm xx., 7.—Earbaidh cuid a' carbadan, agus cuid a' eich;

Ach nì sinne luaidh air ainm Iehobhah ar Dia.

Hosea i., 7.—Cha 'n ainm le claidheamh, no le eich, no le marcaichean a thearnas mi iad, ach le Iehobhah an Dia.

Sechariah iv., 6.—Cha 'n ann le neart, no le cumhachd, ach le mo spiorad-sa, deir Iehobhah nan sluagh.

Ma tha tbusa, a leughadair, a' deanamh uail as do chasan, gu bheil iad dìreach is cuimir is bòidheach os cionn casan chàich; ma tha sin a' toirt ort bòilich a dheanamh as do luathas agus do làidireachd féin, no tàir a dheanamh air daoine eile nach 'eil cho deas riut féin, cuimhuich am facal a thuir an salmadair, nach 'eil tlachd aig Dia ann an casan fir, agus cuimhnich cuideachd am facal a thuir an Slànuighear. “Ma bheir do chas aobhar-tuislidh dhuit, gearr dhuit i: is maith dhuit dol a steach do'n bheatha bacach, seach dà chois a bhi agad, agus thu bhi air do thilgeadh do ifrinn.”

II. *Cha mhò a tha tlachd aig Dia ann am bàs an aingidh no ann an iobairtean gun sùgh.* Tha a tlachd ann an teàrnadh pheacach agus ann an iobairt a' chridhe bhrìste. Tha e mòran na's fhasa do mhac an duine iobairt a thabhairt na toil Dhé a dheanamh. Ach mur

bheil sinn a' deanamh toil an Tighearna agus a' toirt umhlachd d'a reachd cha 'n 'eil ann dhuinn ach dìomhanas laoigh ar bilean a thairgsinn da. Anns a' chùis so bha na fàidhean fada na bu ghlice agus na bu doimhne ann am breithneachadh na na sagartan; thuig iad inntinn an Tighearna na b' fhearr. Theireadh na sagartan gu'm b'e an dòigh cheart air fàbhar is geamaith Dhé a chosnadh ùrnuighean, is iobairtean, is tabhartasan-loisgte, is dleasdanasan follaiseach na diadhaidheachd, a thairgsinn da gu h-òrdail agus gun cheisd, ach thuirt Dia féin (le beul nam fàidhean) nach robh tlachd air bith aige ann an tabhartasan dìomhain de'n t-seòrsa sin. So rannan eile a tha tilgeadh soluis air an rud air a bheil mi a' bruidhinn—

1 Sam. xv., 22.—Is feàrr umhlachd na iobairt agus aire a thabhairt na saill rèitheachan.

Salm iv., 5.—Iobraibh iobairtean ionracais, agus earbaibh á Iehobhah.

Salm li., 16.—Is iad iobairtean Dhé spiorad briste, air cridhe briste agus brùite cha dean e tàir.

Isaiah i., 16, 17.—Cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh: sguiribh de dheanamh uile. Fòghlumaibh maith a dheanamh: iarraibh breitheanas; cuiribh ceart an t-ainncartach; cumaidh còir ris an dilleachdan; tagraibh cùis na bantraich.

Sin na nithean anns a bheil tlachd aig Dia, agus faodar aithneachadh bhupa gu bheil uaisle 'n a nàdur agus ceartas 'n a shlighean, agus gur h-ionmhuinn leis an fhìrinn 's an taobh a stigh. Ged nach 'eil stuamachd is ceartas is caitheamh-beatha maith co-ionnan ri diadhaidheachd, gidheadh as an eugmhais cha 'n 'eil diadhaidheachd air bith fallan. Tha daoine ann a tha toilichte gu leòir le coslas na diadhaidheachd gun a toradh, ach cuimhnicheadh iad nach toilich sin Dia. Tha daoine ann a their,—A Thighearna, a Thighearna, ach nach dean toil an Tighearna. Ciod a tha ann an sin ach an daor pheasanachd? Agus is coma le Dia peàsain a bhios a' deanamh nithean beaga de nithean mòra. Is Dia Iehobhah a tha ann an darireadh; agus is toigh leis daoine a tha simplidh, durachdach, treibhdhireach.

III. Cha mhò a tha tlachd aig Dia anns na h-amadain. C'ar son a bhitheadh, oir cha 'n 'eil tlachd aig na h-amadain ann-san? Rinn cuid de dhaoine ar-a-mach an aghaidh Dhia nan nèamh; thog cuid eile droch thuaisle air agus dh' fheuch iad r'a chliù a mhilleadh, ach thug an t-amadan bàrr orra air fad ann an ladarnas, oir thuirt esan nach 'eil Dia idir ann. Tha amadan is amadan ann; amadain ghòrach is amadain ghlic; amadain gun ghò is amadain

làn uile, ach mar is trice is e an droch amadan a tha air ainmeachadh anns a' Bhiobull. Giùlainidh sinn uile gu toileach le amadan gun ghò agus saoilidh mi gu'n giùlain Dia leis cuideachd gu faighidinneach agus gu caomhail, ach cha 'n e cion tùir no eanchainn a rinn amadan do'n duine anns nach 'eil tlachd aig Dia, ach cion diadhaidheachd is cion a' ghliocais sin ata o shuas. Tha trì no ceithir de fhacail anns a' Bhiobull Eabhruidheach a tha air an cur ann an Gàidhlig leis an aon fhacal amadan, ach cha 'n e amadan an fhìor Ghàidhlig air fear dhiubh co dhiu ach *trusdar*. Sin na daoine anns nach 'eil tlachd aig Dia, daoine m' an abradh Pol gu'n do chaill iad am mothachadh agus gu'n d' thug iad iad féin thairis do mhacnus, daoine a dh' fhàs dìomhain 'n an smuaintean air chor agus gu'n do dhorchaidheadh an cridhe, daoine a tha saoilinn gur daoine glic iad féin ach a tha 'n an amadan.

Seallamaid a nis air an taobh eile agus faic-eamaid ciod iad na nithean anns a bheil tlachd aig Dia. Mur bheil a thlachd ann an casan dhaoine, no ann an amadain, no ann an iobairtean, ciod iad na nithean a tha 'g a thoileachadh. Ma rannsaicheas tu na sgrìoburan gheibh thu sin a mach, ach co dhiu is e so cuid dhiubh.

Salm xxxv., 27.—Tha tlachd aige ann an soirbheachadh a sheirbhisich.

Salm cxlvii., 11.—Gabhaidh Iehobhah tlachd annta-san d'an cagal e.

Micah vii., 18.—Tha tlachd aige ann an tròcair.

Matt. ii., 17.—Mo mhac gràdhach anns a' bheil mo mhòr-thlachd.

A thuilleadh air sin tha e air a ràdh ann an leabhar nan Guàthfhacal gur taitneach le Dia toimhsean ceart, daoine fìrinneach, ùrnuigh dhaoine treibhdhireach.

IV. Is maith an comharradh e air duine e bhi gun fharmaid ri daoine a tha soirbheachadh agus ag éirigh anns an t-saoghal. A thaobh na cùise so chi thu glé thrìc gu bheil freumh searbhadais ann an daoine nach saoilidh tu, daoine maith is daoine diadhaidh d'a bheil e furasda gu leòir caoidh a dheanamh maille ri coimhearsnach an uair a tha cùisean a' dol 'n a aghaidh, ach a dh' fhàsas fuar is frionasach ris an uair a tha cùisean a' dol leis ro mhaith. Tha an fhàreachduinn neònach sin a' tachairt orm cho tric 's gu'm feum mi a chreidsinn gur e farmad aon de na faireachduinnean as làidire ann an cridhe mhic an duine. A thuilleadh air sin tha mi an dùil gur e so màthair-aobhair a' bheachd ud eile, gu *bheil gal goirid do'n duine a tha near*. Gheibh thu am beachd sin gu tric anns na sean-fhacail agus ann an seachas an t-sluaigh, gu'm pàigh daoine gu daor uair-eigin air son an t-sonais agus an t-soirbheachaidh, no eadhon air son na sìde maith

a tha iad a' faotainn an diugh. Tha iad a' deanamh Dhé ann an Ìomhaigh an cridheachan farnadach féin, mar gu'm biodh e deònach air tilleadh a thoirt do dhaoine a chionn gu bheil a' dol daibh ro inhaith. Ach cha 'n ann mar sin a tha Dia. Tha tlachd aige ann an soirbheachadh a sheirbhisich, agus ma bheir e tilleadh daibh, is e an t-aobhar gur h-aithne dha na's fheàrr na's aithne dhaibh-san an seòrsa soirbheachaidh a bhiodh buannachdail daibh. Chumaid mi uair is uair duine-mòr a' tarraing á cloinn agus a' gabhail tlachd ann a bhi 'g an cur a chaoineadh, ach tha Dia na's uaisle na sin; cha chlaoidh e d'a dheòin agus cha mhò a chràidheas e clann nan daoine. Cha chuir e fearg air am faicinn a' gaireachdainn, ma tha an aobhar-ghaire neo-chiontach is glan; cha chuir e farnad air am faicinn sona, ma tha an sonas ag éirigh á tobar glan, oir tha tlachd aige ann an sonas agus ann an soirbheachadh a shluaigh.

V. Ach ged a ramsaichamaid am Biobull o cheann gu ceann cha 'n 'eil facal eile ann as soilleire a tha a' nochdadh nàdur is cliù is rùintean an Tighearna na'm facal sin, *Tha tlachd aige ann an tròcair*. An d' thug thu riamh fanear, a leughadair, cia lion sàmhladh is cosmhalachd a tha na fàidhean, agus na h-abstoil, agus na soisgeulaichean a' cleachdadh anns a' Bhiobull a chum tròcair an Tighearna a chur an céill? Ach ged a labhradh iad le teangaidhean dhaoine agus aingeal cha b' urrainn iad luaidh a dheanamh air tròcair Dhé mar bu chòir, oir tha a thròcair-san o shiorruidheachd gu siorruidheachd, cho àrd ris na nèamhan, cho domhain ris a' chuan, gun cheann gun chrìoch. Na'n robh Dia deas gu peacaidhean dhaoine a chomharrachadh agus na 'm b' fheàrr leis dioghaltas na maitheanas cò a b' urrainn seasamh 'n a làthair? Ach do bhrìgh gu bheil tlachd aige ann an tròcair faodaidh peacaich tighinn thuige le dànachd, oir cha 'n 'e mhaing gu 'n toir an teachd thuige faochadh dhaibh féin is sìth, ach bheir e gàirdeachas do Dhia. Bheir e cothrom dha rud a dheanamh air an son anns a bheil e a' gabhail tlachd. C' ar son, mata, a chuireamaid teagamh no amharus ann an rùintean maithe an Tighearna da'r taobh? Ma thréigeas an t-aingidh a shlighean agus ma philleas e ri Dia bheir e maitheanas dha gu saor agus gu pailt, oir is toigh leis tròcair.

: o :
ANNS A' CHATHAIR.

Tha dà ni ann a bhios a' cur iongantais orm gun sgar; dà ni nach h-urraim mi a thuigsinn, ciamar is urraim daoine tuigseach nithean air nach 'eil dreach na firinn a chreidsinn, agus ciamar is urraim daoine uasal nithean air nach

'eil dreach na h-uaisle a dheanamh. An nochd fhéin, ann an toiseach na h-oidhche, bha mi ag ionaltradh am measg oibrichean nan Aithrichean agus thàinig an smuain so air ais thugam an uair a bha mi a' leughadh mu bheachdan leanabail a bha cuid de na daoine mòr is maith sin ag altrum, Augustine, agus Origen, agus Chrysostom, is feadhainn eile. Na'n tigeadh Augustine an diugh a steach do Sheanadh na heaglais ann an Dunéideann cha bhiodh eadhon ann am maithean na heaglais againne r'a thaobh ach mar gu'm biodh cudainean beaga suarach làimh ri bradan mòr gasda, ach air a shon sin, bha Augustine a' creidsinn ann am faoineas uach creideadh aois dheich bliadhna an diugh. Bha e a' creidsinn ann am brudair, ann am fiosachd, ann am manaidearachd, ann an gisreagaich eile de 'n t-seorsa sin; bha e a' creidsinn ann an éifeachd gach treathlaich a bhùineadh do na naomh agus do na martaraich. Thug duine-eigin á Ierusalem dòrlach chnàmh agus dh'innis e do Augustine gur e cnàmhan Stephen a bha anna. An àite 'inntinn làidir féin a chleachdadh agus an duine a cheasnachadh (mar a dheanadh e air cùisean cudthromach is ceistean mòra) ghabh e an duine aig fhacal agus chuir e na cnàmhan gu cùramach ann an eaglais, los daoine tinne a leigheas leò. A thuilleadh air sin tha e ag innseadh gu'n d' thug na cnàmhan so trì daoine a bha marbh beò a ris.

Cha robh a bheag de dhaoine riamh air an t-saoghal aig an robh inntinn cho comasach ri Augustine, agus na'n cuirinn sìos na leabhraichean a sgrìobh e lìonadh iad an duilleag so. Chothaich e uile làithean a bheatha air son na firinn an aghaidh dhaoine a bha toirt seachad teagasg feall, agus an uair a leughas tu na searmoin agus na leabhraichean eile a rinn e, cuiridh iad iognadh ort le soilleireachd an reusonachaidh agus dòimhneachd am breithneachaidh, agus their thu riut fein, so duine a ràinig air dìomhaireachd na diadhaidheachd. Buinidh Augustine do chomunn nan daoine sin m' am faodar a ràdh gu'n do thionndaidh iad eachdraidh an t-saoghal a steach do chlaisean ùra, daoine mar a bha Maois is Pol is Plato. Ach bidh e a' cur iongantais orm gun sgar, ciamar nach 'eil daoine aig a bheil inntinn làidir is shoilleir, daoine a dh'aimseas air an fhìrinn ann an nithean mòra, ciamar nach 'eil iad air an sàbhaladh o bhi a' creidsinn nam breug ann an nithean beaga. Ann an cuid de leabhraichean gheibh thu reusonachadh cho fìor agus cho soilleir agus cho tromadach 's gu'm bi urram ùr agad do chumhachd inntinn mbic an duine, ach anns a' cheart leabhar gheibh thu amadeas is faoineas nach creideadh tu gu'n sgrìobhadh duine tuigseach air bith iad. Cìod is ciall da sin?

Bha an diadhair Origen combharraichte am measg luchd-nàineachaidh a' Bhiobuill; bha e 'n a àrd-sgoilear, 'n a dhuine tùrail, agus 'n a dhuine diadhaidh, agus is fhiaich do'n eaglais éisdeachd ris agus suidhe aig a chasan, ach an dràs 's a rithist gheibh thu ann an sgrìobhaichean Origen amhlairachd is bumailearachd nach 'eil fiughair agad ris. Aon uair bheir e dhuit smòr a chruithneachd, ach an ath uair bheir e dhuit smòdan is moll. Tha e furasda gu leòir a thuigsinn, an duine a bheir dhuit an cruithneachd daonnan; tha e furasda gu leòir a thuigsinn cuideachd, an duine a bheir dhuit an smòdan daonnan; ach is e an duine a chuireas iongantais ort, an duine a bheir dhuit an cruithneachd agus an smòdan còmhla, agus aig nach 'eil fhios gur e smòdan a tha ann.

Cha ruig thu a leas dol air ais cho fada ri Augustine no Origen a dh'fhaicinn an rud so air a bheil mi a' bruidhinn. Fosgail do shùilean agus do chluasan, agus chi thu e a h-uile là. Bha e 'r a fhaicinn gu sònruichte ann am bliadhnaich a' chogaidh. Cia meud breug mhòr a chreid thu féin agus mi féin o chionn chòig bliadhna, breugan a bu chòir duinn aithneachadh mar bhreugan a cheart cho luath 's a chuala sinn iad. Tha mi an dùil gu bheil cogadh daonnan a' deanamh cron as motha do dhùthaich na call dhaoine agus cail codach; tha e a' deanamh inntinnean dhaoine maol agus an cridheachan dorcha air chòr agus nach h-urrainn daibh dealachadh a dheanamh eadar na nithean air a bheil dreach na firinn agus na nithean air nach 'eil. Tha sinn uile a' creidsinn an diugh nach e maith ach cron a tha cogadh a' deanamh do bheatha spioradail an t-shuaigh. Ach co dhù a dh' aontaicheas thus leam, a leughadair, no nach aontaich, rachainn-sa na b' fhaide na sin agus theirinn gu bheil cogadh a' cur leanabachd ann an inntinn an t-shuaigh cho mhaith ri fuath 'n an cridhe. Rì droch aimsir tha gloine na sìde a' tuiteam, agus ann an àm cogaidh tha gloine na h-inntinn a' tuiteam ceum no dhà, air chor agus nach 'eil daoine cho cuimseach a thaobh na firinn 's is àbhaist daibh.

Na 'm bithinn a' dol a mbeas duine eile, mar a mbeas dròbhair each no mart, na 'm bithinn a' dol 'g a thomhas agus 'g a chur air a' mheidh, tha mi an dùil gur e so a' cheud rud a sheallain air a shon, an aithnich e dreach na firinn. Is e crìoch àraidh na sgoilearachd an aithne sin a thoirt do dhaoine, ach glé thric cha 'n 'eil an sgoilearachd a' deanamh sin. Agus air an làmh eile chi thu corra dhuine gun sgoil gun ionnsachadh a dh' aithnicheas dreach na firinn a h-uile uair a theid dearbhadh a chur air Amhlairachd an aineolais, sin rud nach ruig a leas iongantais a chur ort, ach amhlairachd is eòlas, sin an rud a chuireas.

Bu chòir sròn ghlan a bhì aig cù is gaidsear;

aig a' chù los na h-eòin a lorgachadh, agus aig a' ghaidsear los àile na bracha fhaotainn. Air a' cheart dòigh cha 'n 'eil dearbhadh is fheàrr air comas-inntinn duine, no comharradh is fheàrr air an fheum a rinn an sgoil da, na e bhì furasda dha àile na firinn fhaotainn, agus a dreach aithneachadh an uair a tha e air a lorg. Tha cuid de dhaoine ann (agus sin daoine glé thùrail) agus na 'n cuireadh tu iad a mach air machair no monadh nach fhaca iad roimhe, cha 'n aithneadh iad siar no sear, tuath no deas, air a' mhèadhon là gheal; ach tha daoine eile ann agus ged a chuireadh tu a mach iad do'n cheart àite air a' mhèadhon oidhche dhubh dhorrcha dh' aithneadh iad gu maith co dhui a bha iad a' dol siar no sear, no ciod an àird ris an tionndadh iad. Sin, mata, mar a tha daoine a thaobh na Firinn; tha cuid ann aig a bheil faireachduinn chinnteach e' àite a bheil i agus ciamar a ruigear oirre, agus cuid ann aig nach 'eil fhios e' àite a bheil i na 's motha na bodach na gealaich, no duine a tha air chall anns a cheò.

Is e an seòrsa eile a bhios a cur iongantais orm, daoine mòra anns nach 'eil sprachd. Is coma leam na luairagain. Tha e maith do dhuine a bhì iriosal, agus gun a bhì a' saòilsinn tuilleadh 's a chòir dheth féin, ach cha 'n 'eil e ceart do dhuine air bith leigeil le daoine eile saltairt air, no e féin a chromadh 'n an làthair mar nach robh ann ach am fionnan-fèòir. Cha chuireadh e iongantais ort ged a dheanamh daoine a tha gu nàdurra leibideach sin, dìreach mar nach biodh fiughair agad ri ubh mòr o'n dreathan donn, ach cuiridh e iongantais ort an uair a chi thu duine anns a bheil, an dà chuid, gràs is sgoilearachd a' deanamh luairagain is lòireagan dheth féin air beulaobh duine eile nach fhì. An nochd fhéin bha mi a' leughadh leabhair a bha air a sgrìobhadh le sgoilear is diadhair ainmeil, ach chuir rud a bha ann an toiseach an leabhair nàire orm. A réir choslais bha an diadhair nach ainmich mi ann an comain an rìgh agus chuir e a mach a leabhar "fo thearmuinn Iehobhab agus an Rìgh." Dh' ith e a shàth de bhonnach a bhrosquil oir tha e a' dol air aghaidh mar so, "Thig an so, agus seas làmh rinn am feadh 's a tha mi ag iobradh do na diathan a ghléidh mi. Air trècàir Dhe nì mi luaidh, agus air coibhneas an rìgh. Am measg gach trioblaid a thàinig orm b'è am bròn a bu mhotha air fad, gu robh gruaim air an rìgh rium, agus b' fheàrr am bàs na sin. Ach b'è sin fearg a bhì air an iolair ri cuileig fearg a bhì air an rìgh riumsa. O, a Thearlaich, Athair do shluaigh, agus Grian an t-saoghail, co is urrainn labhairt air do mhòrachd, do thrècàir, agus do mhaitheas mar bu chòir! Deanadh Sasunn uail as a rìgh glòrmhor; ach air mo shon-sa tha mo chupan a' cur thairis an uair a thionndas e a shùil orm le fàbhar."



TIR AN AIGH.

Cha bhi pian ann na's mò.—Taisbean xxi., 4.

Am measg nam beannachdan eile a tha feitheamh oirnn ann an nèamh tha an t-abstol Eoin ag ràdh nach bi pian no cràdh ann. Nach mòr an tròcair sin, agus nach maith an sgeul e do dhaoine nach 'eil saor is pian a là no dh'oidheche!

Tha facal an Tighearna ag iarraidh oirnn athchuingean is ùrnuighean is eadar-ghuidhe a dheanamh air son nan uile dhaoine, ach air uairean bidh sinn a d'chluimhneachadh sin a dheanamh. Ach ged a tha mo choguis féin 'g am dhiteadh-sa a chionn nach 'eil co-fhair-eachduinn làidir agam ri seòrsachan dhaoine a tha glé fheumach air ùrnuighean an co-chreutairean, is urrainn mi a ràdh le fìrinn nach 'eil aon là a' dol seachad gun mi a dheanamh ùrnuigh air son dhaoine a tha fulang péin. Theagamh nach e pian an t-olc is miosa a thig air mac an duine; theagamh gu bheil trioblaidean is teamntachdan eile is miosa na cràdh cuirp, ach co dhiu tha e 'n a uallach air mo chridhe a h-uile oidheche a théid mi a luidhe gu bheil mìltean d' am cho-chreutairean (agus cuid d' am chàirdean) nach fhaigh fois no tàmh, ach a bhios a' caoineadh le goirteas fad na h-oidheche. Cò air bith a dh'èighnichas tu ann a' d' ùrnuighean, a leughadair, cuimhnich air na daoine a tha air an cràdh le pian, agus guidh air Dia, air sgàth a thròcair, gu'n toir e dhaibh galair-fulang, agus an càrsd 's a rithist cadal foisneachail, ma's e a thoil e.

Am meas nan nithean eile air son am bu chòir dhuinn buidheachas a thoirt do Dhia bu chòir dhuinn buidheachas a thoirt da air son nan daoine a lughdaich pian anns an t-saoghal, daoine mar a bha Lister, agus Pasteur, agus Seumas Simpson, dotairean gaolach a bha cho barraichte ann an caomhalachd 's a bha iad ann an eòlas. Chuir iad comain air a chinne-daonna gu léir, agus cha 'n 'eil aon là a' dol seachad nach 'eil aobhar againn an ainm a bheannachadh.

Tha daoine beò fhathast aig a bheil cuimhne air an éigheach ghoirt 's an ochannaich a bhiodhteadh a' chluinntinn as na tighean-eiridinn an uair a bhiodh na dotairean ag uisneachadh na sgine. Cha ghabh e innseadh am pian a bha daoine a' fulang anns na làithean sin; bha iad air uairean a' dol as an ciall leis, agus glé bhitheanta a' dol seachad ann an laigse as nach dùisgeadh iad. Ach an diugh an uair a tha na dotairean a' cur duine air a' bhòrd los a chnàmhan no fheadail a ghearradh cha 'n 'eil aca

ach neapaicin a thumadh ann an stuth an àigh agus a leagail air a bheul, is ni iad duine ùr dheth agus e 'n a chadal. Buidheachas is moladh is urram do'n duine a fhuair a mach chloroform, stuth as fheàrr na iocshlaint Ghilead.

An uair a bha Seumas Simpson 'n a dhuine òg ag ionnsachadh na dotaireachd bha e air a chur mu'n cuairt cho mòr le caoineadh is ochanaich boirionnaich air an robh dotair-na-sgithinn ag obair 's gu'n do chuir e roimhe stad de'n dotaireachd uile gu léir, ach a rithist thuirt e ris fhéin nach biodh an sin ach a ghealtaireachd agus gu'm b' fheàrr da 'inntinn a dheanamh suas nach stadadh e gus am faigheadh e a mach stuth a mharbhadh pian. Bha eagal air a chàirdean gu'm marbhadh e e féin, oir bha e a' feuchainn air fhéin an toiseach a h-uile stuth leis an robh e ag obair.

Tha e glé neònach gu robh mòran dhaoine an toiseach an aghaidh chloroform a thoirt do bhoirionnaich air leabaidh-shiùbhladh, a chionn gu robh iad an dùil gu robh sin an aghaidh a' Bhiobuill—“*ann an doilgheas beiridh tu clann*” (Gen. iii., 16), ach b' aithne do Sheumas Simpson am Biobull cho mhaith ris na daoine a bha a' faotainn coire dha, agus thug e dhaibh mar fhreagairt sgrìobtur eile, *gu'n d' thug Dia air cadal trom tuiteam air Adhamh*, an uair a ghabh e aon d'a aisnean agus a dhùin e suas fheadail. (Gen. ii., 21.) Fad ùine mhòr bha amharas aig mnathan na dùtcha nach bu chòir daibh am peanas a chuireadh air Eubh a sheachnadh, ach an uair a chunnacas anns na paipearan naigheachd gu'n do ghabh a' Bhan-rìgh nach maireann, Victoria, chloroform agus i tinn air aon de'n chloinn, cha robh an còrr ionraidh air Eubh no air an sgrìobtur, agus thòisich iad air an fhasan ùr a leantainn.

Am bitheantas is e saighdearan is commandairean na daoine air an toil leis an rìgh agus an rìoghachd urram a chur, ach gu cead duit-sa, a leughadair, their mise gu bheil daoine eile ann a tha mòran na's airidh na na saighdearan air na ceud chathraichean, sgoilearan is luchd-ealain a ràinig air eòlas a bhios buannachdail do'n t-saoghal uile, agus a thuig rùintean-dìomhair a' chruthachaidh. An uair a chuireas tu Alastair Uaibhreach, no Napoleon, no Foch fhéin, 'n an seasamh làimh ri Tearlach Darwin cha 'n 'eil anna ach na fionnain-fheadòir r'a thaobh; cha 'n airidh iad air bariall a bhròg fhuasgladh. Ged is gaolach an Fhraing air saighdearan, chuir i Pasteur air thoiseach orra uile, an uair a ghabh aon de na paipearan-naigheachd os làimh, o chionn dòrlach bhliadh-

nachan, fhaotainn a mach cò d'a mic anns an naoièamh linn deug a chuireadh i air thoiseach, an linn anns an robh Napoleon, agus Victor Hugo, agus Gambetta beò. Cò an duine as mò agus is cumhachdaiche air an t-saoghal an diugh? Bha là ann a theireadh daoine gur e an Cæsar; bha là eile ann (1917-1918) a theireadh daoine gur e Woodrow Wilson; an diugh theagamh gu'n abradh iad Lloyd George, ach gu cead duit-sa, a rithist, their mise nach ann am measg nan àrd-inbhean sin, no ann am measg chommaudairean is thighearnan-cogaidh a gheibheadh tu an duine air an cuir t-ogha is t-iar-ogha féin urram, ach ann an seòmar sàmhach air chor-eigin am measg bhotul is ghloineachan is shligean-tomhais, agus gun fhios aig an t-saoghal cò e no ciod a tha e a' deanamh. Cha 'n e rìghrean no saighdearan a tha cur an t-saoghail bun os cionn an diugh, agus a' tionndadh cùrsa a' chinne-daonna a steach do chlàisean ùra, ach luchd-an-ionnsachaidh, luchd-ealain, feallsanaich, is lighichean; daoine iriosal is sìochail aig nach 'eil armachd air an t-saoghal ach botul is sligean-tomhais is gloineachan-amhairc, is treathlaich eile de'n t-seòrsa sin. Theagamh gu'n saoilèadh tusa agus mise gur suarach an obair e do dhuine a bheatha a chur seachad a' faire radan is dheargannan, agus a' cnuasachadh air na fasain a tha aca; ach thig nithean mòra á nithean beaga, agus tha fhios aig na dotairean an diugh gur h-ann aig na radain agus na deargannan a dh'fheumas iad tòiseachadh an uair a bhios iad a' feuchainn ris an dà ghalair uamhasach ud a thilleadh, a' Phlàigh dhubb agus am Fiabhrrus buidhe, galair-ean a bha marbhadh nam miltean a h-uile bliadhna anns na seann làithean. Aon uair 's gu'n tuig na dotairean co bhuaith a tha galair air bith ag éirigh, agus ciamar a tha e a' sgaoilèadh, cha bhi iad fada gus am faigh iad dòigh air cur as da.

Ann an aoradh na h-eaglais agus ann an ùrnuighean coimhthionail cha chuala mi riamh ùrnuigh-bhuidheachas air son dhaoine a lughdaich pian d' am bràithrean, ged a shaoileas mi gu'm bu chòir dhuinn moladh a thoirt do'n Tighearna gu'n d' thug e do dhaoine sònruichte gliocas is eòlas air a shon sin. Sàbaid an déidh Sàbaid bidh sinn 'ga mholadh air son a mhaitheas do na h-Iudhaich dà mhìle bliadhna roimh so; bidh sinn a' toirt buidheachas da a chionn gu'n d' thug e air an ais iad á braighdeanas, agus a' seinn shalm is laoidhean anns a bheil luaidh air a dheanamh air caoimhneas Dhé do'n phobull sin anns na làithean o shean; ach a dh'innseadh na fìrinn, tha fichead rud ann a tha mi féin na's taingeile air a shon na tha mi air son gu'n d' thàinig na h-Iudhaich air an ais a' Babilon. An uair a chluinneas mi ainm Shamsoin cha 'n 'eil faireachduinn air bith ann am chridhe gu bheil mi 'n a chomain, agus cha

mhò a tha iarraidh agam air laoidh a sheinn dha, no ùrnuigh-bhuidheachais a thàirgsinn do Dhia air a shon; ach an uair a chluinneas mi ainm Shir Seumas Simpson no ainm Lister tha mo chridhe làn taingealachd air an son, oir tha mi 'n an comain, agus tha fhios agam nach robh mi an diugh beò mur a bhith iad. C'ar son, mata, nach cuimhnicheamaid air na daoine sin 'n ar ùrnuighean agus nach tugamaid buidheachas do Dhia air an son? An uair a shiubhail Lister thuirtdotair eile gu'n do shàbhail e beatha barrachd dhaoine cheana leis an innleachd a fhuair e a mach (doigh air lotan a chumail glan is cùbhraidh, gun tòiseachadh air lobhadh) na bha air am marbhadh anns a h-uile cogadh a bha ann o chionn ceud bliadhna. Nach bu fhreagarrach an rud e taing a thoirt do Dhia 'n ar ùrnuighean air son an duine sin! Cha 'n aithne dhomhsa cò an eaglais d'am buineadh Lister, no am buineadh e do eaglais idir, ach do bhrìgh gur fheàrr beatha a theàrnadh na sgrìos, tha mi 'n dùil gu robh tlachd aig Dia ann nach robh aige ann an Samson, duine brùideil nach do rinn riamh ach mort is marbhadh.

Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil pian is fulangas is tinneas 'n am meadhon air maith a dheanamh anns an t-saoghal so, ach air a shon sin cha 'n e Dia as ùghdar daibh, agus cha bhiodh iad idir ann na'n robh a thoil-san air a dheanamh air thalamh mar a tha i air nèamh.' Ma tha an cruthachadh uile ag osnaich ann am péin, mar mhnaoi ri saothair, is e as aobhar da sin nach 'eil toil Dhé air a deanamh air thalamh; ach ann an nèamh far a bheil a h-uile ni a' gluasad ann an umhlachd iomlan d'a thoil *cha 'n 'eil pian idir ann*. Cha 'n 'eil, a chionn nach 'eil feum air. Tha feum againn air pian anns an t-saoghal so, los gu'm bitheamaid air ar dearbhadh agus air ar glanadh leis, los gu'n oibrichèadh e annainn irioslachd is naomhachd is gliocas diadhaidh; ach cha 'n 'eil feum aig na naoimh ann an nèamh air pian, no aig na h-ainglean, oir tha na h-ainglean gun pheacadh, agus tha na naoimh aig uair am bàis air an deanamh foirfe.

Bho thoiseach an t-saoghail bha ionndrainn ann an cridhe mhic an duine air an tìr sin a bhios e a' faicinn 'n a bhruadair, tìr àghmhor anns nach 'eil pian no peacadh, acras no sgrìths, aois no eucail. Ach an tìr nach robh againn aon uair ach 'n ar bruidar tha i a nis againn 'n ar dùsgadh, oir dh'fhoillsich Dia dhuinn ann an soisgeul a mhic gu bheil dachaidh bhuan anns an tìr so a' feitheamh air a shluagh an déidh am bàis. Na 'm b' urrainn duinn a thuigsinn gu ceart ciod a tha nèamh a' ciallachadh, agus ciod an t-saorsa a tha feitheamh air sluagh an Tighearna air taobh thall na h-uagha mholamaid Dia le àrd iolach, a chionn gu'n d' thug e dhuinn dòchas cho glòrmhor, agus theireamaid mar a thuirtdotair Pol, O,

bhàis, c' àite a bheil do gath! Cha 'n 'eil gath anns a' bhàs dhaibhsan a tha dol a steach do aoibhneas an Tighearna agus do shith bhith-bhuan, ged a tha gath ann dhaibh-san a tha fantuinn 'n an déidh. Cho fhad agus a bhios gaol ann an cridheachan dhaoine cho fhada sin bidh am bàs 'n a eagal agus 'n a chràdh-eridhe, ach is ann *dhuinne* a tha e mar sin, agus cha 'n ann *dhaibhsan*; dhaibhsan a chaidil ann an Crìosd, *cha 'n 'eil pian ann na's mò*; taing do Dhia, cha 'n 'eil, ach sìth bheanaichte is fois gu bràth tuilleadh.

: o :

ANNS A CHATHAIR.

Uaireigin anns an fhoghar chuir caraid còir air chor-eigin thugam dà leabhar cheist a bha air an clò-bhualadh ann an Dùnéideann anns a' bhliadhna 1816, agus m' an tòisich mi air mo sheanchas eile anns an àireamh so, bu mhaith leam taing a thoirt dha agus mo bheannachd. Na 'n d' thug e dhomh 'ainm, agus a shloinneadh, agus 'àite-còmhnuidh, chuir mi fios-freagairt thuige fada roimh so, ach cha do rinn e sin; air chor agus nach 'eil dòigh eile agam air a choibhneas a'leachadh ach air an duilleig so, oir thuir e gu'm bi e 'g a leughadh agus gur h-ann mar thabhartas-buidheachais a bha e a' cur thugam nan leabhraichean beaga ud. Cha 'n e nach robh gu leòir de leabhraichean cheist agam-sa mar a bha, ach air a shon sin, tha mi ann an comain an duine a chuir thugam iad sud.

Bheir aon rud rud eile gu inntinn duine, agus tha mi a nis a' dol a leum o leabhraichean-cheist gu duine ainmeil a bhiodh a' foighneachd cheist gun sgu. Theagamh, a leughadair, gu bheil thusa na's eòlaiche air Socrates na tha mise mi-fhèin, agus nach ruig mi a leas innseadh dhuit an seòrsa duine a bha ann. Ach a thaobh agus gu'm bi mnathan is clann a' leughadh nan duilleagan so cho mhaith riut-sa gabh mo leth-sgeul ma théid mi thairis (air an sgàth-san) air nithean as aithne dhuit-sa cheana. Ma's duine-uasal thu, a leughadair, mi thu a nis do bha'e dhomh.

B'e feallsanach de mhuintir na Gréige a bha ann an Socrates, agus rugadh e ceithir cheud gu leth bliadhna roimh theachd Chrìosd. Anns an linn sin bha Breatann ann an dorchadas a' mheadhon-oidhche, gun eòlas agus gun ealaia, ach bha sgoilearachd na Gréige aig a h-àird agus bha feallsanaich na h-Aithne a' cagnach nan ceistean mòra is dìomhair sin a chumas cagnadh ri daoine, a réir choslais, gu là a bhreitheanais. Coltach ris an fhear a sgrìobh leabhar Ecclesiastes thug Socrates a chridhe a shireadh agus a rannsachadh le gliocas, mu thimchioll gach ni a nithear fo neamh, mu nàdur mhic an duine agus mu chrìoch àraidh a bheatha.

Bhiodh e ag ràdh gur e eòlas tùs a' ghliocais; gur e eòlas as mathair-aobhair do dheagh bheusan, agus aineolas as mathair-aobhair do dhroch bheusan. B'e an dòigh shònruichte a bha aige air ruighinn air an Fhìrinn, a bhi foighneachd cheistean. An uair a thachradh duine air a bha saòilsinn gu robh e féin mion-eòlach air cuspair air bith, thòisicheadh Socrates air a cheasnachadh, agus am bitheantas, cha bhiodh e còig mionaidean 'g a cheasnachadh an uair a leigeadh e fhaicinn do 'n duine nach b' aithne dha dad, gu robh e gu buileach anns a' cheò. Bha e a' creidsinn gu 'm feum 'aineolas féin a bli air a dhearbhadh air inntinn duine m' an ruig e air Gliocas; gur e sin a' cheud cheum ann an tòrachd na Fìrinn.

Thuir Plato gu'm b'e Socrates duine a bu ghlice agus a bu chothromaiche agus a b' fheàrr a b' aithne dha riamh, agus ghabh an saoghal ris a' bheachd sin oir tha Socrates air àireamh am measg nan cumhachdach a chuir comain air an t-saoghal uile—Plato, is Aristotle, is Maois, is Solamb, is Shakespeare. Ach tha aon ghuth air an taobh eile, guth a mhnathia; cha robh ise idir cho moltach air Socrates 's a tha sinne nach fhaca riamh e, agus air uairean bhiodh i a' toirt uiread de dhroch theanga dha 's gu'm bu bhuidhe leis an tigh fhàgail. Ciod a their thu ris a sin?

Their na sgoilearan nach robh ann an Xantippe (b'e sin a h-ainm) ach sglamhruinn boirionnaich, agus gu robh Socrates truagh air a chuing-cheangal gu neo-chothromach ri baobh gun tìr Faodaidh sin a bhi fìor ann an tomhas, ach aig a' cheart àm, cha bu duine Socrates a dheanamh boirionnach air bith sona, agus tha comh-fhaireachduinn agam-sa r'a mhnaoi. Am bu mhaith leat fhéin do bheatha a chur seachad anns an aon tigh ri duine mar a bha Socrates? Cha bu mhaith leam-sa co dhiu; bha cho mhaith leam dol do'n phrìosan, na'm br nighean mi, agus a leithid a phòsadh.

Is e an fhìrinn nach 'eil daoine de'n t-seòrsa ud freagarrach idir air son staid a' phòsaidh; b' fheàrr daibh an siubhal a leigeil leis na boirionnaich agus an aire a thoirt air an ealain féin. Is beag aig na boirionnaich Feallsanach an coimeas ri pògan is leannanachd, agus b' fheàrr leò seachd uairean beadradh beag laghach a dheanamh ri gille òg aig an robh cridhe blàth is mear seach a bhi ag éisdeachd ri seanchas glic o leithid Shocrates mu chrìoch àraidh an duine. Tha iomadh rud eile ann a tha a' beathachadh cridhe is anam mhic an duine a thuilleadh air nithean àrd na Feallsanachd, agus as eugmhais na nithean sin, gaol is ceòl is companas, cha 'n 'eil ann an tòrachd a' Ghliocais do'n mhòr-chuideachd de dhaoine ach dìomhanas nan dìomhanasan agus ruagadh na gaoithe. Sin mo bheachd-sa co dhiu. Mar is trice tha daoine a' faotainn an sonais, cha 'n

ann anns na nithean mòra ach anns na nithean beaga, ach is e fàilìng nam feallsanach gu bheil an suilean daonnan air na nithean mòra. Sin an t-aobhar gu robh mnathan neo-shona aig uiread dhiubh.

O'n taobh a muigh cha robh Socrates gasda no eireachdail 'n a phearsa; bha sròn mhòr mhaol air, is sgall, is casan euagach. Bha e cho réidh 'na nàdur 's nach b' urrainn duine air bith fearg a chur air. An uair a dh'fhàsadh daoine eile teth ann an argumaid bha esan ciùin is ciallach, air chor agus gu'm faigheadh e daonnan a' chuid a b' fheàrr dhiubh. A thuilleadh air sin dh'fheumadh am facal m: dheireadh a bhì aige, agus mar bu trice bhiodh gach anns an fhacal sin féin. Cò am boirionnach air an t-saoghal a b' urrainn cur suas le duine de 'n t-seòrsa sin? Bheir an t-sìobhal-tachd air a h-uile duine cneasda am facal mu dheireadh a leigeil leis na boirionnaich oir is ann daibh a bhùneas e gu nàdurra, ach cha b' urrainn Socrates stad de chonnsachadh eadhon ris na boirionnaich gus an dearbhadh e dhaibh gu soilleir gu robh iad ceàrr agus e fhéin ceart, no co dhiu an dearbhadh e orra nach robh iad a' labhairt ach briathran gun eòlas. A bheil e iongantach, mata, gu'n d'fhàs Xantippe seachd sgìth de dhrannadan an duine, maith 's mar a bha e? Nach fàsadh tu féin sgìth de bhodach draochannach nach leigeadh leat uiread agus mearachd a dheanamh ann an aon fhacal gun tòiseachadh air do cheasnachadh mar gu'n biodh fear-lagha! Bhiodh Socrates a' bruidhinn r'a mhnaoi mar gu robh fianuis air a bheulaobh ann am bocsa nam mionn, ach fhathast bha ioghnadh a chridhe air nach robh i sona leis. Sin agad duine nach bu chòir bean a bhì aige idir.

Bu ghasda leam greis de'n oidheche a chur seachad le Socrates an dràs 's a rithist, ach air m' onoir, cha bu mbaith leam mo phiuthar a bhì pòsda aige. B' fheàrr leam i bhì pòsda aig Gilleasbuig Aotrum, ged nach robh mòran tùir no mothachaidh ann. Ni boirionnach gleusda rudeigin de dhuine laghach ged a bhiodh e maol fhéin, ach gu dé a dheanadh té air thalamh de dhuine a thairgeadh argumaid dhith an àite pòige; duine nach h-aimseadh gu bràth air a làimh a chur m'a h-amhaich, ach a reusonaicheadh rithe fad oidheche fhada gheamhraidh mu chrìoch araidh an duine agus diomhanas an t-saoghail. Cha 'n 'eil mi a' creidsinn gu'n do chuir Socrates riamh Xantippe air a ghhlùn, no gu'n do rinn e briodal rithe, eadhon ann an làithean an leannanachd, mar a bhios daoine eile a' deanamh. Bha e a' riaghladh a bheatha uile gu tùir le solus reusain, ach is mise a tha cinnteach gu'm b' fheàrr le Xantippe solus na gealaich. Uaireigin a chunnacas e a' chuich na clàrsaich thuirt e "nach bu nàire dha rud

air bith ionnsachadh air an robh e aineolach." Uair eile thuirt e gur h-ann a chumail suas a bhodhig a bha e a' gabhail bìdh agus nach ann idir a chionn gu robh a bhìadh a' còrdadh ris. Thuirt e cuideachd gur h-ann air son a shlàinte a bhiodh e a' dannsadh. Bidh daoine eile a' fìdhleireachd, 's ag ithinnich, 's a' dannsadh, a chionn gu'n còrd e riu, agus cìod an t-aobhar (no an lethsgèul) a b' fheàrr a b' urrainn a bhì aca; ach bha sùil a' bhodaich ud air 'imleig fhéin gun sgur, agus cha deanadh e dad mur robh solus reusain ag innseadh dha gu robh e maith d'a inntinn no d'a bhodhig. Sin agad an seòrsa duine a bha ann am bodach nan ceistean.

Tha e mòran na's fhasa do leithidean Shocrateis bean fhaotainn na tha e dhaibh bean a ghleidheadh. Gheibh iad an roghainn de nigheannan na dùthcha, oir is ro thoigh le màthraichean saoghalta bodach glic is rud aige. Ach mur bheil iarraidh is ealain aig duine air a mhnaoi a thoileachadh 's a dheanamh sona cìod am feum a tha ann dhi, ged a bhiodh e cho glic ri Solamh no cho beairteach ri Carnegie. Cha 'n 'eil ann an gliocas (gu sònruichte an uair nach 'eil e ach anns a' cheann) ach rud fuar is tioram an coimeas ri gaol; agus b' fheàrr do bhoirionnach a bhì air bheagan dòigh maille ri duine caomhail is companta is laghach seach a bhì ann an sìoda 's an sròl maille ri bodach fionnar is féineil a chuireadh fichead rud eile air thoiseach oirre. Cò am boirionnach, an uair a dh'iarraas i gràdh is caoimhneas, leis am bu mhaith làn-an-dùirn de shean-fhacail a bhì air a thilgeadh orra mar gu'n tilgeadh tu cnaimh air cù! Ged a chaidh e air feadh an t-saoghail nach robh aig Socrates ach droch bhean, tha co-fhaireachduinn agam-sa 'n am chridhe ri Xantippe bhochd, agus cha 'n 'eil ioghnadh air bith orm gu robh sradag bheag de'n donas innte. Gu cinnteach bhiodh e annam fhéin na'n robh agam ri mo bheatha a chur seachad anns an aon tigh ri Socrates. Agus tha fhios agam gu'm biodh e anns a h-uile bean anns a' chléir cuideachd, agus gur maith a dh' éireadh dha mur sgròbadh iad a sheana sgall. Nach bu leòir an t-aobhar e air boirionnach a chur do'n tigh-chuthaich a bhì air a cuing-cheangal ri bodach ionlan nach deanadh mearachd e féin ann am facal, agus nach ruigeadh leatha-se mearachd a dheanamh na's mò gun a ceasnachadh agus a' cur ceart, bodach nach do ghabh fearg riamh agus nach do rinn riamh amaideas a b' urrainn i a thilgeil air, bodach sgallach le sron mhòr mhaol air nach rachadh stad ach a foighneachd cheistean mu mithean m'an robh ise caoin-shuarach; ceist ceist ceist a' tuiteam o bhìlean fad fìnn foinneach an latha mar gu'm biodh boinne-snighe a' tuiteam air ùrlar—nach cuireadh sin a' bhean a b' fheàrr a bha riamh ann air aimhreit!



CUIR DO THIGH AN ORDUGH.

Ann na làithean sin bha Hesechia tinn gu bàs: agus thàinig am fàidh Isaiah mac Amais d'a ionnsuidh, agus thubhairt e ris, Mar so tha Iehobah ag ràdh, Cuir do thigh an òrdugh, oir gheibh thu bàs agus cha bhith tu beò.—II. Rìgh, xv., 1.

Tha fhios agad, a leughadair, nach d' fhuair Hesechia bàs aig an àm so, agus gu'n do chuir Dia còig bliadhna deug ri àireamh a làithean, ach ma ghabh e combhairle an fhàidh, agus ma chuir e a thigh talmhaidh an òrdugh le sgoinn, faodaidh tu a bhì cinnteach gu robh a shonas air a dhùblachadh agus a chùram air a lughdachadh anns na bliadhnachan mu dheireadh d'a bheatha. Chaidh Hesechia d'a àite féin o chionn fhada, ach ged a chaochaileas mac an duine cha chaochail facal an Tighearna, agus tha an rabhadh ceudna a' tighinn thugainne aig toiseach na bliadhna so a thàinig gu rìgh Israeil anns na làithean o shean, sinn a chur ar tighe an òrdugh.

Ciamar, mata, a ni sinn sin?

I. Anns a' cheud àite, a leughadair, bu chòir dhuìt do thiomnadh a dheanamh am bliadhna. Tha mòran dhaoine ann leis nach toil a bhì cuimhneachadh air a' bhàs, no a bhì bruidhinn air; ach cha'n 'eil ann ach rud leanabail do dhaoine air an do bhuilich Dia reusan an sùilean a thionndadh air falbh o'n bhàs, oir is e am bàs an t-aon nì a tha cinnteach anns an t-saoghal so. Tha gach nì eile ann am beatha mhic an duine neo-chinnteach, ach a mhàin gu'm faigh e bàs uair-eigin. Cha toir e am bàs aon mhionaid na's dlùithe dhuìt do thiomnadh a dheanamh, agus faodaidh sin dorrain is dragh a shàbhaladh do dhaoine eile. Tha mi an dòchas nach bì do làithean air an giorrachadh, agus gu'm faigh thu saoghal fada mar a fhuair Hesechia, ach ma's e toil Dhe sin a thoirt duit, bhiodh saorsa inntinn agad na'n robh do thiomnadh deanta. B' aithne dhuìt fhéin cho mhaith 's a b' aithne dhòmhsa daoine a chuir dàil anns a' ghnòthuch so, gus an robh e ro annoch, agus a chuir an teaghlach do Chùirt an t-Seisein, air tàillibh an dearmaid. Sin dìleab nach bu mhaith leat fhàgail aig do chàirdean; bi glie, mata, agus dean do thiomnadh. Sin aon dòigh co-dhiu anns an urrainn duit do thigh a chur an òrdugh.

Ged nach biodh fonn no fearann aig duine, no mòran codach; seadh ged nach biodh aige ach aon spàin-adhair, bu chòir dha a thiomnadh a dheanamh. Rinn mise mi-fhéin tiomnadh do dhaoine eile iomadh uair, ach air a shon sin chomhairlichinn dhuìtse dol gu fear-lagha. Ged

a bhios daoine ag ràdh nach 'eil anns an luchd-lagha ach na h-uile, agus ged nach bu toigh le Pol iad idir, gidheadh is uile fheumail iad am measg gineal fhiar. Is aithne dhaibh an gnothuch, agus is fheàrr dhuìt beagan thasdan a phàigheadh do fhear dhiubh agus an rud a bhì air a dheanamh gu dìoghmholta seach am ministear fhaotainn a nasgaidh. Ach ma tha thu suidhichte air a' mhinistear fhaotainn, faigh e gu luath, gun a bhì a' cur a' ghnòthuich seachad gus am bì thu air leabaidh do bhàis. An uair a tha duine anns na h-ospagan deireannach cha 'n ann air tiomnadh a bu chòir aire fhéin no aire a theaghlach a bhith, agus cha robh uair riamh a ghairmeadh orm 'n a leithid sin do shuidheachadh nach robh nàire is fearg orm, oir is dùth do'n t-saoghaltachd i féin fholach an làthair sòlhimteachd a' bhàis. Aig toiseach na bliadhna so, mata, dean an rud air an robh thu a' bruidhinn o chionn iomadh bliadhna; dean do thiomnadh agus bidh do thigh beagan na's òrdaile na bha e an uiridh.

II. Cha 'n urrainnear a ràdh gu'n do chuir duine a thigh an òrdugh gu ceart mur bheil e a' cur beagan mu seach. Cha mhò is urrainnear a ràdh gu bheil tigh duine an òrdugh ma tha e ann am fiachan gun sgu; no ann eiseimeil dhaoine eile. An uair a tha teaghlach uile an urra ri pàigheadh-seachduinn aon duine cha 'n 'eil ach snàthainn caol eadar iad agus a' ghort 's an éiginn; faodaidh an cosnaiche tuiteam as a sheasamh, air neo faodaidh droch shlàinte a chumail o obair. Tha e glie nàrach d' dhuine aig a bheil bean is clann a h-uile sgillinn a choisneas e a chosg, gun oidhirp air bith a dheanamh air a theaghlach a chumail á tighnam-bochd ma thig am bàs air féin. Theagamh nach 'eil e furasda dha mòran a chur mu seach, ach dh' fhaodadh e co dhiu a bheatha a chur fo àrachas. Sin dòigh anns am faod luchd-oibre ullachadh a dheanamh air son là na h-éiginn; cha 'n fhaireich iad 'g an dìth gach seachduin na chosdas e. Tha cuimhne agad ciod a tha Pol ag ràdh mu'n chùis so, "Mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraidh air son muinntir a theaghlach is miosa e na ana-creideach." Ma's ceann-teaghlach thu, a leughadair, gabh an earail sin gu cridhe agus cuir do bheatha fo àrachas gun dàil. Ma ni thu sin, bidh do thigh na's òrdaile am bliadhna na bha e an uiridh, agus bidh barrachd sìth inntinn agad fein, an uair a bhios thu a' smuaineachadh ann am fairibh na h-oidhe air cor do mhnatha agus do chloinne na'n tigeadh am bàs ort.

III. Tha e glé fbreagarrach gu'n deanadh

daoine bòidean riu féin aig toiseach na bliadhna, fàilingean sònruichte a thilgeadh bhupa, agus bu mhaith an rud e na'n deanadh a h-uile luid anns an dùthaich suas a h-inntinn a tigh a chur an òrdugh gu litireil. Ciod an tlachd a tha ann do dhuine a bheatha a chur seachad ann an tigh anns a bheil a h-uile ni purraich air tharraich, gun sgioltachd gun sgoinn. Na'm bithinn a' bruidhinn ri luid agus na'm feòraicheadh i dhìom ciod a bha Isaiah a' ciallachadh leis an fhacal, "Cuir do thigh an òrdugh," theirinn gu robh e a ciallachadh fichead rud, ach co dhiu gu robh e a' ciallachadh so, ise a dhol dachaidh agus a tigh féin a sguabadh. A bheil cuimhne agad air an fhacal ud a thuir Pol, "Cha 'n e Dia Dia na *mi-riaghailt?*" Cha 'n 'eil a' mhi-riaghailt maith; cha 'n 'eil i maith ann am bean-tighe, no ann am ministear, no ann an tuathanach; agus mur bheil duine òrdail 'n a dhòighean agus sgiolta 'n a obair caillidh e trian d'a ùine agus d'a shaothair. Nach tric a chunnaic thu duine a' cur seachad leth an latha a' siubhal shìos is shuas air son buill air chor-eigin a bu chòir a bhì aig a làimh na'n robh e 'n a dhuine sgoinneil? Bha e air a ràdh mu fhear de'n luchd-teagaisg ann an Oilthigh Dhunéideann gu robh a leithid de mhi-riaghailt anns an t-seòmar anns an robh a leabhraichean 's gu'm b' fhasa dha dol a mach agus leabhar ùr a cheannach seach toiseachadh air fhear féin iarraidh. Gle bhitheanta bhiodh an duine glic ud, an t-ollamh MacIain, a' cur roimhe aig àm comanachaidh (agus gu sònruichte aig àm na Càisge) gu'm faigheadh e buaidh air an leisg agus gu'n cuireadh e a leabhraichean agus a phàipearan an òrdugh. Nì duine anns a bheil sgioltachd is sgoinn a dhà uiread oibre ri rapaire gum riaghailt, ged a bhiodh e cho làidir ri Samson. Aig toiseach na bliadhna so, mata, dean suas t'intinn, rapaireachd is ròpachas a chur air chùl, agus a bhì cùramach òrdail 'n ud obair.

IV. Ach ma tha feum againn uile air ar tigh talmhaidh a chur an òrdugh cha lugha ar feum air ar tigh spioradail uidheamachadh fa chomhair a' bhàis. "Is e an diugh an t-àm taitneach, an diugh là na slàinte." Tha mi cinnteach nach 'eil aon duine a leughas an duileag so leis am bu mhaith gu'n tigeadh am bàs air agus gun e ann an réite ri Dia; tha e a' ciallachadh gnothuch anama a dheanamh ri Dia uair-eigin; an ath bhliadhna, no an màireach, no uair-eigin eile a bhios na's freagarraiche na'n diugh. Ach sin mar a chaill Felics 'anam, agus sin mar a tha daoine eile 'g a chall cuid-eachd an diugh fhathast. O, a leughadair, bi thusa glic agus pill ris an Tighearna a *nis*, agus bheir e dhuit na nì a' bhliadhna so na's sòna dhuit na bha thu riamh. Is e an t-aobhar gu

bheil daoine a' deanamh cho beag ullachaidh air son a' bhàis, nach 'eil iad a' creidsinn ann an da rìreadh gu bheil e a' tighinn thuca. Ach bu chòir do dhuine glic a shùilean a dhùnadh a h-uile oidheche mar gu'm biodh e a' dol 'g an fosgladh ann an saoghal eile. 'Na thròcair chaomh agus 'na ghràdh dh'ullaich Dia gach nì a tha feumail do pheacaich ri aghaidh bàis is breitheanais is siorruidheachd, agus tha cuireadh an t-soisgeil a' ruighinn nan uile dhaoine. Nar leigeadh Dia, mata, gu'n cruadhaicheamaid-ne ar cridheachan, no gu'n deanamaid tàir air slàinte cho mòr. Oidheche a bha duine diadhaidh ann an spàirn a' bhàis shuidh a nighean ri taobh a leapa agus em Biobull air a gluin: "an leugh mi dhuibh, athair," ar's ise, "caibideal no salm?" "Chì ruig thu a leas, a ghaoil; tha an stoirm ro mhòr a nis air a shon sin" (bha e a' ciallachadh nach b' urrainn e éisdeachd ris an leughadh gu ceart leis a' phian a bha e a' fulang) "ach taing do Dhia thugh mise mo thigh anns an latha chiuin." Nach 'eil e glic do'n h-uile duine sin a dheanamh, a thigh a thughadh 's a chur an òrdugh anns an là chiuin! Tha mòran d'ar comb-acisean cheana anns an t-siorruidheachd; tha àireamh mhaith a bha còmhla ruinn mu'n àm so an uiridh nach 'eil còmhla ruinn na's fhaide, ged nach robh dùil againne no aca féin gu robh am beatha ri bhì cho goirid; nach 'eil sin agus iomadh guth eile leis a bheil Dia a' labhairt ruinn a' toirt rabhaidh dhuinn ar làithean aireamh agus a bhì glic!

ANNS A' CHATHAIRE.

Ma nì thu do thìomnadh, mar a dh' iarr mi ort, feuch nach cuir thu ann neònachas a bheir air na gamhna dol a ghàireachduinn, agus feuch cuideachd nach cuir thu ann rud air bith a bheir cothrom do'n luchd-lagha dol ann an argumaid, oir ma thòisicheas iadsan, cha sguir iad gu bràth gus nach bi mìr feòla air fhàgail air a' chnàimh a thog an connsachadh.

Bha duine ann uair-eigin a bha trom air a' phìob, agus dh'fhàg e àithne 'n a thìomnadh nach robh duine ri bhì aig a thòdhlacadh ach duine a bha rithe. Dh' iarr e fios a thòrraidh a bhì air a thoirt do'n h-uile duine beò anns an dùthaich a bha ris a' phìob, agus a thuilleadh air sin, dh' iarr e deich puinnnd thombaca a bhì air a thoirt daibh is pìob mhòr ghasda, agus ainm féin sgrìobhta oirre, agus là is bliadhna a bhàis. Dh' iarr e pìob is tombaca a bhì air an cur anns a' chiste-mhairbh còmhla ris, "oir," ar's esan, "cha 'n 'eil fhios ciod a dh' fhaodas tachairt," agus dh' iarr e pìoban nan daoine a





bhì laiste fad na h-ùine aig a thòrradh, los gu'm biodh tòrradh eireachdail aige.

Tha e coltach gu robh 'sin aige, torradh mòr is eireachdail, agus gu robh daoine air cheann na cuideachd an là ud nach fhacas riamh roimhe ann an tigh a' bhròin no anns a' chlaodh. Bha àile an tòrraidh ri fhaotainn mìle air astar, agus bha toit os a chionn mar gu'm b'e an *Dunara* a bha ann.

Nach gasda a chòrdadh e ris an luchd-lagha tìomnadh an duine ud fhaotainn fo 'n òrdagan? Air son trì gineachan òir dhearbhadh fear air bith dhinbh dhuit gu robh an duine air a' chuthach, agus nach bu chòir d'a thiomnadh seasamh; agus air son còig gineachan dhearbhadh e dhuit nach b' fhiach an argumaid a rinn e air son nan trì dad, agus gu robh an duine aig a thùr 's a chiall ceart gu leòir. Tha e air a ràdh gu'n gabh a h-uile dath dubhadh ach nach gach dubh dath, ach thoir thusa trì gineachan do fhear-lagha agus theid mise am bannaibh duit gu'n dean esan an dubh geal.

C'ar son nach toigh le daoine luchd-lagha? Ma tha gnothuch aig fear lagha ri rud air bith, agus gu sònruichte ri rud anns a bheil airgiod, is e duine anns an fhichead nach leag amharus gu bheil caob de'n airgiod a' dol 'n a phòca. Tha a' mhòr-chuideachd de'n t-sluagh làn chinnteach nach h-urrainn an luchd-lagha gnothuch a ghabhail ris an diadhaidheachd fhéin gun bhannachd a dheanamh aise. Bithear a' cur sìos air ministearan is dotairean tric gu leòir, ach am bitheantas cha 'n ann a chionn gu bheil amharus orra gur maith leò buannachd a dheanamh as na daoine no as na cùisean ris a bheil gnothuch aca, agus eadhon an tair a chàinear iad cha 'n 'eil nimh anns an theirear umpa mar a tha anns na bhithhear ag ràdh mu 'n luchd-lagha. Bithear a' cur as leth ministearan is dhotairean gu bheil iad leasg, no gu bheil iad gun tùr, no gu bheil iad gun suim d'an obair, ach is ann gle annamh a chuirear as an leth gu bheil iad neo-choguiseach. Ach cuirear as leth an luchd-lagha, gun ag no teagamh, gu bheil iad uile neo-choguiseach, ach cha chuala mi duine riamh a' gearan orra air son leisge no cion tùr. Ciod a their thu ris a sin? Their mise nach 'eil e a réir m' fhiosrachaidh fhéin co dhiu. Is aithne dhomh cnid mhaith de luchd-lagha, ach cha do mhothaich mi riamh gu robh mùghadh air bith eadar iad féin agus daoine eile. Le 'n gabhail bhàrr a chéile cha 'n 'eil iad na's fheàrr no na's miosa na cléir air bith anns an dùthaich. Cha 'n 'eil saoghaltachd, no cealg, no cion coguis anna na's mò na tha ann an seòrsa air bith eile, agus tha iad a cheart cho leasg r'an coimhearsnaich.

Bho chionn bhliadhnaichan tha mi an dùil nach 'eil uiread meas air buill na Pàrlamaid 's a b' àbhaist a bhì orra, agus thatar ag ràdh gur

h-e an t-aobhar air a shon sin (co dhiu ann am pàirt) gu bheil uiread de na fir-lagha ann an tigh nan Cumantan. Tha mòran dhaoine de'n bheachd nach ann air son maith na dùthcha a tha iad a' dol ann ach air son am maith saoghalta féin a chur air aghaidh, agus tha iad de'n bheachd cuideachd gu bheil an luchd-lagha a' deanamh achdan na Pàrlamaid duilich an tuigsinn, los gu'm faigh iad fhéin obair gu leòir an déidh làimhe, a' connsachadh umpa anns na cùrtean.

Ach cò am fear a tha dol do'n Phàrlamaid uile gu léir air son maith na dùthcha. Tha maith na dùthcha fa chomhair an inntinn gun teagamh, ach tha fichead rud eile 'g an tarruing do Phàrlamaid cho mhaith ri cud air son soirbheachadh na dùthcha; uaill na beatha, diomhanas an cridhe, dìorras an cuid bhàn nach toir sìth dhaibh gus am bi iad 'n an suidhe am measg mhaithean na tìre, fiughair ri tiotal no posta air chor-eigin anns a bheil an suil—tha sin agus fichead rud eile a' cur dhaoine do Phàrlamaid. Mar so cha 'n 'eil mise an dùil gu bheil atharrachadh air bith eadar an luchd lagha agus marsantan càise, no marsantan guail, no uachdarain, no saighdearan, a thaobh an aobhair a tha 'g an toirt do Phàrlamaid. Ged a tha iad uile a' dol innte a chionn gu bheil barail mhaith aca orra féin agus gur toigh leò an corragan a bhì anns a h-uile nì a tha dol air aghaidh anns an rìoghachd, cha 'n 'eil sin a' ciallachadh nach 'eil iad a' feuchainn gu honorach ri maith na rìoghachd a chur air adhart.

Cha b' urrainn fir-lagha dol do Phàrlamaid, mur cuireadh tusa agus mise innte iad. Agus cha bhithreamaid idir 'g an cur innte na'n robh fhios againn c' àite am faigheamaid daoine a b' fheàrr. Sin an fhìor aobhar gu bheil uiread dhiubh ann an tigh nan Cumantan, nach 'eil dreuchd eile anns an dùthaich anns a bheil uiread de dhaoine comasach 's a tha ann an dreuchd an lagha. Cuir am fear-lagha air an ùrlar comhla ri marsantan is saighdearan is uachdarain is luchd-obair, is gheibh e a' chuid as fheàrr dhinbh anns a' mhionaid. "Gheibh," ar's thusa, "a chionn gu bheil e cabach agus gur h-aithne dha an fhoill a dheanamh." Cha 'n ann idir, ach a chionn gu bheil inntinn aige a tha na's géire agus na's theàrr na tha aca-san, inntinn shoilleir is inntinn oileanaichte a tha toirt da sealladh as farsuinge agus breithneachadh as géire na tha aca-san. Cha 'n 'eil àite air an t-saoghal anns a bheil e na's duiliche do dhuine ainm is cliù a chosnadh na tha e ann an cùrtean an lagha ann an Lunnainn agus ann an Duneideann, oir tha aige r'a rathad a dheanamh, agus a thaobh féin a chumail suas, ri aghaidh dhaoine gear is comasach nach biodh fada a' cur bior ann, mur biodh ann ach bolg-

gaoithe. Ma rinn duine ainm dha féin, mata, ann an cùirtean an lagha cha ruig thu a leas an tuilleadh teisteanais iarraidh air a thàlant; faodaidh tu do chùisean earbsa ris ann an tigh nan Cumantan cho cinnteach 's a dh' earbadh tu iad ri tighearna-fearainn no ri marsanta-guail. A thaobh coguis, cha 'n fhaic mise gu bheil aobhar air bith ann gu'n cuireamaid an dara seòrsa air thoiseach air an t-seòrsa eile, agus a thaobh inntinn, is ann aon uair a tha am fear-lagha air dheireadh air càch agus naoi uairean air thoiseach.

Bho chionn bhliadhnachan tha mòran dhaoine ams an dùthaich so an dùil gu'm biodh cùisean na rìoghachd air an ceartachadh gu luath na'n robh riaghladh na rìoghachd air fhàgail ann an làmhnan dhaoine a tha suas ri malairt is gnothuichean. Ach nar leigeadh Dia gu'n tachair sin! Bu cho mhaith leam an cur ann an làmhnan nam ban, agus chual an saoghal uile mu'n bhinn a thug iadsan air an each ann an Cillmachallaig. Bha tuilleadh 's a chòir ann ann làmhnan an t-seòrsa dhaoine sin ann an bliadhnachan a' chogaidh, agus is e a bu deireadh da nach mòr nach do bhris iad an rìoghachd. Ann an ceart da-rìreadh b' fhearr leam bàird, is speuraidhearan, is daoine a bhios a' deanamh sgeulachdan is dhealbhan, a chur a riaghladh na rìoghachd na dròbhairean agus marsantan, ged a their na Philistich nach 'eil ann am bàird is speuradairean ach leanaban a thaobh gnothuichean. Ach nach bu mhaith an rud e na'n robh tuilleadh de spiorad an leinibh ann an obair agus ann an riaghladh na rìoghachd na tha ann! Tha urrainn mhaith ag ràdh gu bheil nithean ann a tha air am foillseachadh do na leanaban ach a tha foluichte air daoine glic is eagnaigh. Ma chreideas tu am bunailear mòr sin ris an abrar, *Fear-na-sràide*, tha a h-uile duine anns an dùthaich a tha a' reic sìucair no càise air son a bhuanachd féin glic is eagnaigh, agus mar sin comasach air an rìoghachd a riaghladh; ach cha 'n 'eil anns na sgoilearan agus na bàird agus luchd-lagha nach bi ri malairt ach daoine do nach aithne an saoghal no dòighean an t-saoghail, agus mar sin nach bu chòir gnothuch a bhì aca ri riaghladh na rìoghachd. Ach tha mi a fàs sgìth do bhàrraghoir agus do ràbhair-eachd fear-na-sràide; tha an làn àm a chur 'n a àite féin, no a liùbhairt do'n luchd-lagha agus cha bhì iadsan fada a' cur bior 'n a mhaodail ghaothar. Their daoine sìobhalta *Fear-na-sràide* ris; their daoine a tha gun ghò gun gheiread *Guth an t-sluaigh* ris, ach buailidh mise an tarrang air a ceann agus their mi fhìor ainm féin ris, an *t-Amadan Mòr*, duine a tha a cheann air a shéideadh suas le aineolas is faoinas, agus a chridhe air a lìonadh le farmad is trusdaireachd.

B' fheàrr leam gu mòr géill a thoirt do 'n

duine chaomh agus do'n duine ghlic sin, mac Shirach, a sgrìobh leabhar Ecclesiasticus na do fhear-na-sràide. Tha esan ag ràdh,

Tha gliocas an duine ionnsaichte r'a fhaotainn le athais,

Agus fàsaidh e glic ma tha 'inntinn saor is mòran gnothuichean,

Ciamar is urrainn gliocas a bhì aca-san a tha cumail a' chroinn;

Agus nach cluinn seanchas air bith ach mu dhaimh;


Tha an inntinn air a toirt suas le treabhadh Agus tha iad dìchiollach a' biathadh cruidh.

Ach cha 'n iarrar an comhairle ann an cùisean mòra

Agus cha mhò a chuirear 'n an suidhe iad ann an cathair breitheanais.

Tha an rud a tha mac Shirach ag ràdh a cheart cho fìor mu na daoine a bhios a' reic nan damh an déidh dhaibh a bhì air am marbhadh 's a tha e mu na daoine a bha 'g am biathadh an uair a bha iad beò. Bidh seanchas a' bhuidseir air daimh is pris dhamh, agus ann am margadh na feòla gheibh e éisdeachd. Ach an uair a théid e do thigh nan Cumantan far nach 'eil feòil ri ghearradh no seicheannan ri phasgadh, ach reusonachadh ri dheanamh air cùisean mòra air nach do chnuasaich e riamh roimhe, gheibh am bùidsear còir a mach gu h-ealamh nach 'eil ann féin ach am pàise an coimeas ris an fhear-lagha. Ma's duine nàrach iriosal e cha 'n fhosgail e a bheul anns a' Phàrlamaid fad chòig bliadhna; ma's duine gun nàire e glaodhaidh e àird a' chinn nach 'eil an còir feum air reusonachadh, gur h-aithne dhasan (théid agad féin, a leughadair, air so a chrìochnachadh),—ach cha bhì ann ach ciombal a' gleangarsaich oir cha 'n éisd a' Phàrlamaid ris.

Aon rud a tha daonnan ann am fàbhar an luchd-lagha, agus is mòr an rud sin féin, gu 'n téid ach air bruidhinn gu maith agus gu soilleir. Bidh an fheadhainn leis am bu mhaith riaghladh na rìoghachd a chur ann an làmhnan nau daoine a tha suas ri malairt is gnothuichean a' cur gibhtean-labhairt ann an suarachas, a chionn nach 'eil na gibhtean sin aig na marsantan agus gu bheil iad aig an luchd-lagha. Bidh iad ag ràdh nach 'eil breithneachadh maith is fileantachd a' dol còmhla daonnan, agus gu bheil cothrom aig duine cabach nach 'eil aig duine a tha mall 'n a bhruidhinn. Tha so fìor ann an tomhas, ach air a shon sin ma sheallas tu air daoine ann an dòigh fharsuing, chì thu gur h-e am bitheantas na daoine air a bheil cinn mhaith d'a bheil e furasda bruidhinn, agus na daoine aig a bheil eanchainnean tiugha d'a bheil e dùilich bruidhinn.



DORSAN FOSGAILTE.

Feuch, chuir mi dorus air fhosgladh romhad.—Taisbean iii., 8.

Ann an Tiomnadh Nuadh tha dorus fosgailte glé bhithanta a' ciallachadh cothrom maith. An uair a thuir an diadhair Eoin ris an eaglais ann an Philadelphia gu'n do chuir Dia dorus air fhosgladh roimhe, is e a bha e a' ciallachadh gu'n d' thug e dhi cothrom maith air an t-soisgeul a chraobh-sgaoidhadh anns na crìochan sin. Tha Pol a' cleachdadh an fhacail anns a' cheart dòigh; "tha," ars' esan, "dorus mòr agus éifeachdach air fhosgladh dhomh." An uair a bha e ann an Troas dh' fhosgail dorus eile roimhe, dorus air an deachaidh e a steach gu luath le soisgeul Chrìosd.

Bu ghasda leam dol thairis air beatha Phoil a leigeil fhaicinn dhuibh mar a dh' fhosgail Dia dorsan dha ann an àitean agus aig amannan anns nach robh fiughair aige ris; iomadh uair a bha a rathad air a dhùnadh a steach agus beanntan ag éirigh anns an t-slighe roimhe, gun fhios aige ciamar a gheibheadh e thairis orra, dh' fhosgail Dia rathad dha ann an dòighean iongantach. Bha na dorsan dùinte air am fosgladh mar gu'm beanadh làmhnan aingil riu. Ach ged a bu ghasda leam sin a dheanamh cha ghabh e deanamh an dràs, oir is ann air rud eile a bha mi air son seachas a dheanamh ruibh. Cha 'n 'eil cunnart air bith ann gu'n dichuimhnich sinn gu bheil cumhachd Dhe agus Spiorad Dhé ag oibreachadh anns an t-saoghal ann an làithean Phoil, ach tha cunnart mòr ann gu'n dichuimhnich sinn gu bheil cumhachd Dhé agus Spiorad Dhé ag oibreachadh anns na làithean deireannach so; agus mar sin bu mhaith leam innseadh dhuibh mu nithean mòra is iongantach a tha Dia a' deanamh an diugh, oibre beannaichte nach 'eil sgrìobhta am measg gnìomharau nan abstol ach a tha de'n cheart seòrsa ris na h-oibre a rinn Chrìosd ann an Galile agus Pol anns an Asia anns na làithean o shean.

Na'n cuirinn sìos na ceithir ainmean so, Lloyd George, Cecil Rhodes, am Morair Strathcona, agus Iain R. Mott, theireadh daoine gu'm b' aithne dhaibh a' cheud trì gu maith, ach cò air an t-saoghal a tha ann an Iain R. Mott? Theireadh iad gu robh fhios aca air an obair a rinn Lloyd George, agus Cecil Rhodes, agus Strathcona, air son iompaireachd Bhreatuinn, ach ciod air thalamh a rinn Iain Mott? Sin, mata, a tha mi a' dol a dh' innseadh an dràs; na'n do rinn Iain Mott air son iompaireachd thalmhaidh an obair a rinn e air son rìoghachd Dhé cha bhiodh tusa, a leughadair, cho

aineòlach air 'ainm is 'obair 's a tha thu. Is ion do bhuill na h-eaglais nàire a bhi orra nach aithne dhaibh eadhon ainmean nan daoine a tha deanamh an diugh an obair shoisgeulach a rinn na h-abstol anns a' cheul linn. An cual thu riamh iomradh air Hudson Taylor? Mur cuala, is e sin do chall, agus ma tha ùgh agad ann an obair an Tighearna ceannaich an leabhar anns a bheil eachdraidh a bheatha air a h-innseadh, is theid mi féin an urras uach bi aithreachas ort. Na'n do lion Hudson Taylor an àird an Ear le marsantan Breatunnach mar a lion e China le soisgeulaichean Breatunnach, bhiodh e cho ainmeil ri Cecil Rhodes, ach cha b'e spiorad na marsantachd a bha 'n a chridhe ach spiorad Chrìosd. Nach b'e Breatunn a bhiodh 'n a rìoghachd mhòr is usal na'n robh i an fhicheadamh cuid cho dèidheil air an t-soisgeul a thoirt do na daoine dubh is buidhe, 's a tha i air a marsantachd a chur thuca!

Ach gu tighinn air m'ais gu Iain R. Mott, cha 'n ann idir mu'n duine fhein ach m'a obair a tha mi a' dol a dh' innseadh. Cha 'n abair mi mu'n duine ach gur h-ann de mhuintir America a tha e, agus gu'n do chuir e seachd a bheatha gus a so ag obair am measg sgoilearan òga anns na h-Oilthighean, 'g an tàladh gu Chrìosd agus gu obair Chrìosd anns an t-saoghal. Shoirbhich Dia leis an obair sin gu mòr; shearmonaich e Chrìosd ann an iomadh dùthaich is baile, agus ge b'e àite an deachaidh e dhaingnich Dia fhacal leis na comharraidhean a lean e. Anns an leabhar mu dheireadh a sgrìobh e tha e ag innseadh mu na nithean a rinn Dia air a shon agus leis, nithean a tha a' dearbhadh gu soilleir gu bheil na dorsan a' fosgladh anns an Aird an Ear, agus gu bheil Dia a' toirt cothrom maith do'n eaglais a nis na dùthchannan sin a chosnadh do Chrìosd.

A' cheud uair a chaidh e do Russia cha 'n fhaigheadh e idir dlùth do na sgoilearan òga anns na Collaistean, agus b' fheadar dha a' choinneamh no dhà a bha aige a chumail air a' mheadhon-oidhche. Ach an uair mu dheireadh a chaidh e ann bha a' h-uile cothrom air a thoirt dà obair shoisgeulach a dheanamh anns na Oilthighean agus am measg nan daoine a bha air an ionnsachadh. Tha a' chuid mhòr de sgoilearan òga Russia 'n an ana-creidich, agus rud brònach, tha barrachd dhiubh a' cur làmh 'n am beatha féin a h-uile bliadhna na tha anns a h-uile dùthaich eile air an cur còmhla. Ach ged a tha iad gun chreideamh, gun dòchas, cha 'n 'eil iad gun ionndrainn spioradail 'n an cridhe, agus ann an aon bhaile thàinig iad 'n an ceudan do na coinneamhan a bha aige, agus dh'

ghanadh iad anns a' choinneamh-ùrnuigh, ag iarraidh na slighe gu Dia. Ach an sin thàinig an cogadh, agus an diugh tha na dorsan ann an Russia air an dùnadh a rithist, dorsan a bha farsuinn fosgailte.

An uair a chaidh e do cheann a tuath Africa bha iarrtas mòr 'n a chridhe gu 'm faigheadh e cothrom air Crìosd a shearmonachadh do na sgoilearan òga ann an Oilthigh nam Moham-medanach ann an Cairo. Chomhairlich a h-uile duine dha nach bu chòir da fheuchainn, air eagal gu'n dùisgeadh sin droch spiorad an aghaidh Bhreatainn anns an Eiphit, ach lean Iain Mott comhairle a chridhe féin agus sheulaich Dia 'obair le soirbheachadh nach bu bheag. An àite droch spiorad a bhi air a dhùsgadh ann an cridhe nan daoine òga ud is ann a bhi iad càirdeil caomhneil ris. Bha còir is dà mhìle dhiubh anns a' choinneamh a h-uile feasgar, agus gun facal a radh mu Mhohammed a bheireadh dhaibh oilbheum, shearmonaich e Crìosd dhaibh. Aig deireadh a thuruis, dh'aidich mòran dhiubh gur beag nach robh iad air an aomadh gu bhi 'n an Crìosduidhean, agus chaidh dà cheud gu leth dhiubh còmhla gus coinneachadh a h-uile seachduinn, a leughadh a' Bhiobuill agus a dheanamh ùrnuigh ri Dia, ag iarraidh an rathaid thuige. Faodaidh sinn a bhi cinnteach gu'n coimhlion Dia a ghealladh daibh sin, agus gu'm faigh iad an t-slighe, agus an fhìrinn, agus a' bheatha.

Tha e ag ràdh nach 'eil àite air an t-saoghal anns a bheil an dorus cho fosgailte do Chrìosd an diugh 's a tha e ann an Japan, ma bhios an eaglais Chrìosduidh dìleas gu leòir. Ann an Oilthigh Tokyo far a bheil còig mìle de na h-eanchainnean as fheàrr ann an Japan bha na coinneamhan aige làn a h-uile oidheche, agus dh' fhanadh iad còmhla ris ceithir uairean an uair-eadair ag ùrnuigh agus ag iarraidh soluis. Chuir trì cheud is ceithir fichead 's a deich de na sgoilearan òga sin iad féin fo bhòid, gu'n leanadh iad air cruinneachadh an ceann a chèile, a leughadh a' Bhiobuill agus a dh' ùrnuigh.

An uair a chaidh e do China ann an 1895 dh' fheuch e ri greim fhaotainn air sgoilearan na dùthcha sin, a chum Crìosd a shearmonachadh dhaibh, ach bu cho mhaith dha feuchainn ri dol do'n ghealaich. Sin na daoine—na sgoilearan agus na daoine ionnsaichte—a tha a' riaghladh China, agus bha Mghr. Mott air son an cluas fhaotainn. Ach ann an 1895 bha iad cho fada bhuaith 's ged a bhiodh iad ann an saoghal eile. An ath turas a chaidh e do China cha d' fhuair e cothrom bruidhne riu na's mò. Ach a nis tha balla-meadhoin an dealachaidh air briseadh sìos eadhon ann an China; an uair mu dheireadh a chaidh e ann cha mhòr gu'm b' urrainn do Mghr. Mott a chreidsinn gu robh e 'n a

dhùsgadh no gu robh na nithean a chunnaic e fìor. Dh' fhosgail na dorsan cho farsuing roimhe 's gu'n robh e mar a bha an Salmadair an uair a thug Dia air ais bruid Iacoib.

An sin lionadh ar beul le gàire,

Agus ar teangadh le ceòl;

An sin thubhairt iad am measg nan cinneach,

Rinn Iehobhah nithe mòra air an son.

Anns na coinneamhan a bha aige air son nan sgoilearan òga anns na h-oilthighean bha an tigh làn a h-uile oidheche ann an Canton, ged a chumadh e còir is trì mìle, agus cha 'n e mhàin sin ach thàinig àireamh mhòr de luchd-riaghlaidh na dùthcha a mach thuca, los an deagh ghean a nochdadh do 'n obair. Bha dà cheud de na gillean òga sin air am baisteadh, agus thòisich seachd ceud air iarraidh slighe na slàinte, air leughadh a' Bhiobuill agus air ùrnuigh. Ann am baile eile bha na coinneamhan air an cumail ann an teampull a bha air a choisrigeadh do Bhudda, agus aon oidheche dh'aidich còig ceud gu robh iad a' creidsinn ann an Crìosd, agus uiread eile gu robh iad ag iarraidh Chrìosd.

Thug mi tarruing air na nithean sin an dràs d a chionn gu'm bu mhaith leam gu'n deanadh iad a' cheart druidheadh air t' inntinn-sa, a leughadair, 's a rinn iad air m' inntinn féin, agus gu'n daingnicheadh iad do chreideamh gu bheil cumhachd an Dé bheò ag oibreachadh anns an t-saoghal an diugh fhathast. Na'n leughadh tu mu na nithean so ann an Gnìomharan nan Abstol theireadh tu gur h-e toradh an Spioraid agus là na Caingis a bha anna. Is e sin a tha anna gun teagamh, na h-oibre a bha ann an inntinn an t-Slannighir an uair a thug e seachad an gealladh mòr ud, "Esan a chreideas annam-sa na h-oibre a tha mise a' deanamh, ni esan mar an ceudna; agus ni e oibre as mò na iad so; do bhrìgh gu bheil mise a' dol a chum an Athar."

Tha Dia 'n a fhreasdal a' fosgladh dhorsan an diugh anns gach cèarn de 'n t-saoghal, agus bu chòir do 'n eaglais an cothrom a ghabhail agus dol a steach, a chum an saoghal a chosnadh do Chrìosd. Mur dean i sin cha 'n 'eil i dìleas do 'n àithe a thug e dhi, "Imichibh agus deanaibh deiseibuil de na h-uile chinnich." Taing do Dhia tha tabhartas na h-eaglais am bliadhna na's fheàrr na bha e an uiridh, air son obair an t-soisgeil ann an dùthchannan céin, ach fhathast cha 'n 'eil e ach beag an coimeas ris an airgiod a thatar a' cur ann an òl, ann an cluich, agus ann an nithean faoin is peacach. Cia mar is urrainn fughair a bhi aig rìoghachd a tha deanamh sin ri beannachd Dhé? Nach mòr a' chùis-nàire e gu bheil an fheadhainn a tha a' saothreachadh ann an Africa agus anns na h-Innsean an Ear a' cur fios thugainn am bliadhna gu bheil dorsan a' fosgladh romhpa

na'n cuireamaid thuca cuideachadh an obair a dheanamh, agus nach 'eil an cuideachadh 'ga chur thuca. Mur gabh sinn aithreachas, bheir Dia bhuainn an cothrom a thug e dhuinn agus atharraichidh e ar coinnleir as 'àite.

ANNS A' CHATHAIR.

Tha mòran bruidhne a' dol air aghaidh am bliadhna mu theagasg na cloinne, mu phàigh-eadh mhaighstirean-sgoile, agus mu'n uallach ùr a chuir Achd Mhunro air druim na dùthcha. Cha 'n 'eil teagamh nach d' fhàs oileanachadh na cloinne mòran na's cosdaile na bha e roimhe so, ach ciamar nach fhàsadh? Tha a h-uile rud eile na's cosdaile na bha e, agus tha mi an dùil nach d' érich pris an ionnsachaidh cho àrd fhathast ri pris an t-siùcair. Bha an làn àm aig na maighstirean-sgoile tuarasdal a bu mhòtha fhaotainn, oir cha robh iad air an leth phàigh-eadh anns na làithean a dh' fhalbh. Cho fhada agus a leanas Breatunn air tasdan a chur anns an òl mu choinneamh a h-uile sgillinn a chuireas i ann an ionnsachadh na cloinne, cha ruig i leas a bhi a' gearan a droma leis an uallach a chuir Achd ùr nan sgoilean oirre. Cha rud cliùteach e do rìoghachd a tha gabhail oirre a bhi air cheann-toisich an t-saoghail gu'n sòr i rud a thoirt do'n chloinn nach sòr i a thoirt do ananiannan a goile.

Tha mòran bruidhne a' dol air aghaidh cuideachd mu'n t-seòrsa teagaisg a tha a' chlann a' faotainn anns na sgoilean; cuid ag ràdh gu'm biodh e na b' fheàrr na'n robh sid air fhàgail a mach, is cuid ag ràdh gu'm biodh e na b' fheàrr na'n robh so air a thoirt daibh an àite sid. Ach thug mi an aire gu bheil an aon smuain ann an inntinn dhaoine uile gu léir a thaobh crìoch àraidh an ionnsachadh, agus is e sin, a' chuid as fheàrr fhaotainn d'e rìoghachdan eile, agus gu sònruichte d'en Ghearmailt, ann am margaidhean an t-saoghail. An uair a theid daoine gu Munro, no gu Lloyd George, no gu Bonar Law, a ghearan air a' chodrus ùr a chuir iad air an rìoghachd cha 'n 'eil aca sin ach bòchdan mòr na Gearmailte a mhaoidheadh orra, agus dùinidh sin am beòil is thig iad air an ais riarachta gu leòir. Na daoine a chaidh a mhallachadh toisichidh iad air beannachadh, agus their iad ri Munro, " Gabh do pheann agus sgrìobh muilleam eile." Air a' cheart dòigh an uair a dh' arras pàrantan sid no so a bhi air a theagasg do'n cloinn theirear riu nach 'eil ùine air sin a dheanamh, agus gu'm feumar a' cheart teagasg a thoirt daibh a tha clann na Gearmailte a' faotainn, air eagal gu'n toir iad bhuainn ar marsantachd. Ruisg anam a' Bhreatunnaich agus is e sin an t-òr a thachras ort, gaol na marsantachd. Ach ciod an

tairbhe a tha ann do rìoghachd marsantachd an t-saoghail uile fhaotainn agus a h-anam a chall?

Gu dearbh is e mi fhéin a tha fàs seachd sgàth de bhòchdan na Gearmailte, ach an uair a mhaoidhear e orm a nis cha chuir e fiamh no eagal orm. An uair a bhios mi a' cnuasachadh air obair nan sgoilean bidh e a' tighinn 'n am inntinn gu' h-e an sgoil an t-àite mu dheireadh anns am bu chòir duinn spiorad na marsantachd a leigeil a steach. Na'n robh clann agam-sa dhomh féin, tha fhios agam ciod an dòigh anns am bu mhaith leam iad a bhi air an ionnsachadh, agus ma ghabhas na pàrantan a leughas an duilleag so mo lethsgèul, bu mhaith leam comhairle no dhà a thoirt daibh. Theagamh gu'n abair iad rium an sean-fhacal a tha air bàrr mo phinn fhéin, ach ma their, mo thogair.

Bu chòir do chloinn cothrom fhaotainn air ceòl. An uair a bha mi anns an sgoil rachadh agam air gach rudha, is abhainn, is beinn ann an Albainn a chur air aon ghad gun m' anail a tharruing, ach b' fheàrr dhomh gu mòr an ùine a chur mi seachd 'g an ionnsachadh a chur seachad ag ionnsachadh phort no òran. Cha robh baile ann an Sasunn nach robh agam air mo mheomhair, no ann an Astralia cuideachd, ach ciod am feum a bha ann an sin dhomh? Bha ainmean nam bailtean agus nan aibhnichean agus nam beanntan sin a' lionadh stòr mo chuimhne air chor agus nach robh farsuingeachd gu leòir ann air son gach treathlaich eile a bhithinn a' cur ann: agus air uairean bha m' inntinn coltach ri ceardach a' ghobhainn bhig, far an robh cruidhean each, is seann suic, is ciochan roth, air an tilgeil air muin a chéile o bhliadhna gu bliadhna gus mu dheireadh nach robh fhios idir gu dé a bha anns an tòrr. Dh' fheuch mi ris an tòrr ainmean a chuireadh ann am inntinn anns an sgoil a dhichuimhneachadh, ach dh' fhairtlich e orm, agus an diugh fhathast, bheirinn dhuith bailtean Lochlainn no beanntan na Gréige gun mhearachd faeail.

Chuir mi bliadhna no dhà seachad ag ionnsachadh Eabhra, ach bheirinn na tha agam de Eabhra seachad gu toileach air son gu'n rachadh agam air port a chur air an fhidhill. Na'n robh mi a' tòiseachadh air mo bheatha a rithist dh' ionnsaichinn inneal—chiùil air chor-eigin a chluich, oir fhuair mi a mach air mo shon féin gu'n tugadh sin barrachd toilintinn dhomh na fhuair mi riamh o chànaian air an do chuir mi seachad mòran d' am ùine gun mhòran buanachd. Mar sin theirinn ris a h-uile m' àthair is athair cothrom a thoirt d'an cloinn gaol a ghabhail air ceòl ann an tùs an làithean, agus ionnsachadh dhaibh inneal air chor-eigin a chluich, ged a b'e an tromb fhéin. Ma tha duine gaolach air ceòl sin sòlas a mhaireas uile làithean a bheatha; an uair a bhios a bhodhig air a claoidh le saothair no inntinn air a claoidh le ro-chùram cha 'n 'eil aige ach làmh a thoirt

air an fhìdhill, agus anns a' mhìonaid tha e ann an saoghal ùr. A thuilleadh air sin theid aige air toilinntinn a thoirt do dhaoine eile.

Cha 'n e crìoch àraidh an ionnsachaidh ealain a thoirt do dhaoine air malairt, no an inntinnean a gheurachadh los faotainn air an aghaidh anns an t-saoghal, ged is e na nithean sin a tha aig a' mhòr-chuid de phàrantan 's an t-sealladh an uair a chuireas iad an clann do 'n sgoil. Is e crìoch àraidh an ionnsachaidh inntinnean is cridheachan na cloinne a dhùsgadh air chor agus gu'n tòisich iad air iongnadh is sòlas is maithas is maise an t-saoghail a bhlasad. Is coma ciamar a thachras an dùsgadh sin, ma thachras e. Is aithne dhomh daoine a tha an cinn làn de Laidionn no de Algebra, ach nach do dhùisg riamh agus nach dùisg gu bràth. Agus is aithne dhomh daoine eile aig nach 'eil facal Laidionn agus aig nach 'eil mòran Beurla, ach aig a bheil tobar na beatha 'n an cridhe, agus a tha ag òl fion na beatha gach latha. Thuirt Frangach geur uair-eigin m'a choimhearsnach, "Rugadh e 'n a *dhuine* agus bhàsaich e 'n a *mharsanta*." Cha 'n ann a dheanamh mharsantan dhiubh a bu chòir do phàrantan an clann a chur do'n sgoil ach a dhùsgadh an inntinnean, a chum gu'm bi ùigh aca anns na nithean a thachras orra agus a tha mu'n cuairt orra, agus gu'm bi iad comasach air smuaintean Dhe a thuigsinn mar a tha a smuaintean-san air an deargadh air obair a làmh, agus comasach air aoibhneas is sòlas is maise an t-saoghail fhaireachduinn agus a mhealtainn. Ma bheir am maighstir-sgoile do'n chloinn iuchair a dh'fhosgla na seòmraichean sin tha e a' toirt daibh an rud is priseile fo'n ghréin, agus ged a' chuireas iad an làithean seachad an déidh làimhe ris a' mharsantachd, tha iad 'n an rìghrean agus 'n an sagartan a thuilleadh air a bhì 'n an marsantan; 'n an rìghrean a chionn gu bheil uachdaranachd an anama féin aca, agus 'n an sagartan a chionn gu bheil slighe fhosgailte aca do ionadan naomh is maiseach.

Ann an àm a' chogaidh, an uair a fhuair an luchd-oibre àrdachadh tuarasdail, bhiodh an t-sreath eile a bha os an cionn a' faotainn coire dhaibh air son an stròghalachd, agus ag ràdh gu fanoideach gu robh de airgid aca 's nach robh fhios aca gu dé a dheanamh iad ris; *gu robh na ceudan dhiubh a' ceannach pianos*. C'ar son nach ceannaicheadh? Bu mhaith lean-sa piano fhaicinn ann an oisean an t-seòmair aig a h-uile fear-oibre anns an dùthaich, agus fìdheall cuideachd, agus feadan, agus melodeon, ma tha duine aige a chluicreas iad. Cha 'n e dolaidh a tha ann airgid a chur ann an nithean mar sin, ma theid aige air a shàbhaladh, ach is e dolaidh a tha ann airgid a chur ann an uisge-beatha, no ann an ròie, no ann an rud 'eil nach toir sòlas ach do'n fheoil.

Tha a' cheart a' tìread còir aig daoine bochda air piano a cheannach 's a tha aig daoine beartach, agus cha cheannaicheadh iad idir e mur biodh iad de'n t-seòrsa sin a tha creidsinn "gur mò a' bheatha na 'm biadh agus an corp na 'n t-aodach." Ma bu mhaith le duine air bith, mata, a thoirt ormsa a chreidsinn gu bheil luchd-oibre na rìoghachd a' deanamh ana-caitheamh air an tuarasdal, feumaidh e bòchdan eile a mhaoidheadh orm seach am fear ud—gu bheil iad a' ceannach phianos.

Rud eile a bu chòir a bhì air a thoirt do'n chloinn, eòlas air obair a' chruthachaidh. Bha mi a' bruidhinn ri tuathanach an là roimhe, agus sinn a' coiseachd mu'n cuairt an fhearainn aige, agus cha b' urrainn e innseadh dhomh aon fhear de na feòir a bha fàs air an fhonn, ged a chuir e seachd a bheatha aig an tuathanachd agus ged a rinn e cuid mhaith airgid às na feòir nach b' aithne dha. Cha mhò a b' aithne dha gin de na luibhean-fiadhaich a bha air an fhearann; bha an aon ainm aig orra uile, *salachar*. Bha abhainn dhomhain a' ruith troimh 'n bhaile aige, agus o na creagan a bha anns an abhainn agus an dòigh anns a bheil iad 'n an luidhe, theid aig daoine tùrail is daoine beachdail air aois an t-saoghail a dheanamh a mach, agus iomadh rud iongantach eile cuideachd, ach bha sin uile do'n tuathanach mar sgeul gun bhlas, oir cha robh an taobh cheart d'a inntinn air a dhùsgadh an uair a bha e anns an sgoil. Bha e 'na sgoilear maith gu leòir, ach cha do rinn an sgoilearachd dha ach gu'n do dhùisg i ann spiorad na marsantachd, agus gu'n do chuidich i leis a bhì na bu ghleusda mar mharsanta na bhithheadh e às a h-ìùnaidh Coma leam fhéin tuathanaich nach 'eil anna ach marsantan.

Do dhuine a tha a' cur seachad a bheatha air an dùthaich, cha 'n aithne dhomh rud air bith eile a b' fheàrr dha a bhì aige na ùigh ann am feartan Nàduir agus ann an obair a' chruthachaidh: eoin, is, luibhean, is feòir, is flùraichean, is fichead rud eile a thachras air a h-uile latha. Ma tha sin aige cumaidh e 'inntinn 'n a dhùsgadh, agus ged a b' ann a' falbh an rathaid leis féin a bhiodh e, tha companaich aige daonna, agus aoidhean a chumas air falbh uath na seachd deamhain a tha deas gu dol a steach do'n inntinn fhalaimeh. Chi e rudan ùr is rudan iongantach is rudan maiseach air an speur, is air a' chuan, is air an talamh, gach là d'a bheatha; agus a chionn gu bheil a shùilean fosgailte chì e Rìgh na Cruinne féin na mhaise, agus bidh caidreamh aige ris. Sin agad an t-ionnsachadh a tha maith, agus cha 'n e am fòghlum nach dean dhiot ach marsanta.

*Thig crìoch air an t-saoghal,
Ach mairidh gaol is ceòl.*



AIREAMH AN T-SLUAIGH.

Agus sheas Satan suas an aghaidh Israeil. agus bhrosnuich e Daibhidh gu Israeil àireamh.—I. Eachdraidh, xxi., 1.

Le achd Pàrlamaid tha sluagh na rìoghachd ri bhi air an àireamh am bliadhna air an t-Sàbaid mu dheireadh de 'n mhios so. An e Satan a chur ann an cridhe Lloyd George sin a dheanamh? Cha chuala mi duine air bith a' cur sin as leth aon de 'n dithis, ged is tric a chluinneas mi gu bheil cagarstaich eatorra ann an chùisean eile.

Tha uile rìoghachdan an t-saoghail ag àireamh an t-sluaigh an dràs'd 's a rithist; tha e air a dheanamh anns an Fhraing agus anns a' Ghearmailt uair 's na còig bliadhna. Tha fichead reusan aca air son so a dheanamh, agus a h-uile reusan dhiubh sin maith. Cha bhiodh e furasda an rìoghachd a riaghladh, m'ur biodh dòigh air chor-eigin aig a' Phàrlamaid air àireamh agus cor an t-sluaigh fhaotainn a mach. Cha 'n 'eil duine anns an dùthaich a their gur peacadh a tha ann, an sluagh àireamh. C'ar son, mata, a bha e ceàrr do Dhaibhidh sin a dheanamh ma tha e ceart dhuinne? Bha, a chionn nach e idir an rud a tha aig an luchd-riaghlaidh againne 's an amharc a bha 's an amharc aige-san. Bha smuaintean Dhaibhidh aig an àm a' ruith air cogadh; bha e a' deanamh uail as an airmailt a bha aige, agus bha e air son àireamh a dhaoine fhaotainn a mach, air ghaol bòilich a dheanamh asda, no theagamh dol an sàs anns na rìoghachdan a bha mu'n cuairt air. Dh' iarr Dia air rìghrean Israeil gun dòighean nan cinneach a leantuinn; dh' iarr e orra gun an earbsa a chur ann an eich no ann an carbadan, ach a mhàin 'n a fhàbhar féin; ach a dh' aindeoin sin bu mhaith le rìghrean is sluagh Israeil a bhì ràiteachas ris na rìoghachdan mòra a bha timchioll orra. Cha b' ann a dh' fhaotainn forfhais air cor an t-sluaigh a thòisich Daibhidh air an cunntas; cha b' ann a dh' fhaotainn a mach cia meud dhiubh a bha dall no bodhar no bacach, ach a dh' fhaotainn a mach cia meud a bha comasach air àirm a ghiùlan. B'e sin an taobhar gu'n do las corruich an Tighearna 'n a aghaidh; chunnaic e gu robh Daibhidh a' fàs saoghalta is fuilteach, agus gu robh cunnart ann gu'n aomadh e Israel air falbh o'n rathad chumhann is dhìreach a chomharraich Dia a mach dhi bho thùs a h-eachdraidh.

Is toigh le Dia daoine agus rìoghachdan a tha firinneach is ceart is macanta, ach cha toigh leis idir daoine no rìoghachdan anns a bheil

mòrchuis is uabhar is spagadaglog; no a tha gaolach air tapaid agus air an coimhearsnaich a chur fo'n casan. Chunnaic e gu robh Daibhidh a fàs coltach ri rìghrean an t-saoghail agus eu-coltach ri seirbhiseach an Tighearna; gu robh àrdan is bòilich is gaol a' chogaidh ag éirigh 'na chridhe, agus mar sin gu'n cuireadh e droch spiorad ann an cridheachan an t-sluaigh, na'm faigheadh e air aghaidh. Sin an taobhar gu'n do mhi-thaitinn an rud a rinn Daibhidh ri Dia, agus gu'n do chuir e plàigh air Israel mar pheanas.

Mar a thuirt mi cheana cha 'n e cogadh no 'òc de'n t-seòrsa sin a tha aig luchd-riaghlaidh na dùthcha againne 's an t-sealladh ann an cunntas an t-sluaigh; tha iad 'g a dheanamh a chionn gu bheil e feumail, agus a chionn gur maith leò fiosrachadh fhaotainn a chuidicheas leò laghanna cothromach a dheanamh an déidh làimhe. Air an aobhar sin cha 'n urrainnear an rud so a mhallachadh; feumar a bheannachadh. Ach aig a' cheart àm, feumar a ràdh cuideachd nach 'eil Satan fada air falbh an uair a thòisicheas rìoghachdan air an saobhbreas a chunntas. Is fhada o'n a thuirt an duine glic, "an tì a mheudaicheas eòlas meudaichidh e bròn," agus tha am facal fìor anns an t-seadh so, gu robh rìoghachdan an t-saoghail mòran na bu shona agus na bu toilichte m' an do thòisich iad air an adhartas a tha iad a' deanamh a thomhas le figearan. Sin aon de na ribeachan leis a bheil Satan a' glacadh dhaoine an diugh; tha e a' cur an cinn air aimhreit le figearan; a' milleadh an sonais agus a' dorchachadh an tuigse le bhi 'g an cur a chunntas. Ma's e Satan a tha gluasad dhaoine gu bhi ag iarraidh forfhais le figearan agus a' cunntas cheann feumaidh gu bheil e a là 's a dh' oidhche ag obair ann am Bòrd an Fhearainn, ann am Bùird nan Sgoilean, agus anns a h-uile Bòrd eile aig a bheil làmh ann an riaghladh na dùthcha. Bho thri fichead Bòrd an diugh tha frasan de phaipearan a' sileadh oirnn gach maduinn agus figearan a' dòrtadh gach feasgar, gus mu dheireadh a bheil ar mothachadh air a thoirt bhuaninn le barrachd ar fiosrachaidh. Tha sin glé thrìc a' tachairt: mar is mò a tha de fhiosrachadh neònach aig duine, is ann is lugha a tha de thùs aige. Am burraidh cho mhòr 's a b' aithne dhomh riamh, rachadh aige air innseadh dhuit anns a' mhionaid cia meud duine a bha air a chrochadh ann am Breatunn an uiridh; cia meud punnd de chudthrom agus cia meud òirleach ann am fad a tha anns na pàisdean a tha air am breith anns an Fhraing, le'n gabhail bhàrr a chéile; no cia meud each a tha ann an Albainn is muc a tha ann an

Eirinn. Bha a cheann dinnte le figearan is treathlaich eile de'n t-seòrsa sin, ach cha robh smod tùir ann.

Theagamh nach deanadh Satan cron mòr na'm fanadh e aig eich is mucan àireamh, ach cha dean e sin. Tha a chorrag eadhon ann an obair na h-eaglais, air chor agus nach creidear an diugh gu bheil dad 'g a dheanamh aig an tigh no ann an dùthchannan céin mur gabh an obair a nochdadh air paipear. Ach is rud glé dhiomhain a tha ann, a bhi tomhas obair spioradail le figearan; cha gabh e deanamh. Faodaidh rola a' chomanachaidh a bhi dol suas an uair a tha beatha na h-eaglais a' dol sìos, agus ciste an ionmhasair a bhi làn an uair a tha caoile air anam nam feadhach a thug seachad an t-airgid. Air an làimh eile faodaidh nithean a bhi tachairt a h-uile seachduinn ann an aoradh coimhthionail, a bheir gairdeachas do Dhia agus do na h-ainglean, ged nach gabh sin cur sìos ann an cunntasan na h-eaglais. Seallaidh an duine air an taobh a muigh ach seallaidh Dia air a' chridhe. Is e aon de na buairidhean a tha Satan a' cur ann an caramh luchd-dreuchd na h-eaglais an diugh marsantan a dheanamh dhiubh; cleachdanna a' mhargaidh agus spiorad na marsantachd a thoirt a steach do theampull Dhé. An uair a dh'innseas duine dhuil gu bheil e a' cosd do'n eaglais seachd notaichean fichead is trì tasdain is oehd sgillinn an ceann na einnich iompachadh, ciod a their thu? Ciod ach gur h-ann de shliochd Shimoin a tha an duine, agus nach 'eil boinne de spiorad na sagartachd ann ach gné na marsantachd.

Ach ged a thug mi an sgaille ud do na cunntairean anns an leth-cheann (oir tha mi air mo shàruchadh leò) cha ruig am fear a bhios a' dol mu'n cuairt ann an deireadh a' mhìos so a leas eagal a bhi air tighinn gu m' dhorus; ni mi a bheatha gu suilbhearra agus lìonaidh mi am paipear a bheir e dhomh gu toileach. Ma bhios mi air mo chàomhnadh lìonaidh mi e latha na Sàbaid, agus ged nach h-urrainn mi a ràdh gur h-e obair na h-èigin no obair na tròcair a bhios ann, tha mi an dùil gur rud freagarrach a bhios ann do theaghlach an dleasdanas so a dheanamh air an là naomh, an dòchas gu'm bi smuaintean sòluimte air an dùsgadh 'n an cridhe. Co aige a tha fhios nach bi am paipear so 'n a mheadhon-gràis do dhaoine nach smuainich air dol do'n eaglais an là ud, agus nach 'eil a' smuaineachadh air Dia no siorruidheachd là d' am beatha? Co àige a tha fhios nach labhair spiorad an Tighearna riu, agus nach toir e orra tòiseachadh air an làithean àireamh?

Tha iomadh smuain shòluimte a thogas an cunntas so ann an inntinn dhaoine. Cha 'n urrainn duine gun a chuimheachadh gu robh ar Slànuighear beannaichte air "àireamh am

measg nan ciontach," agus gu'n do rugadh e ann am Betlehem an uair a chaidh Ioseph agus Muire suas gu bhi air an cunntas anns a' mheas a bha air a dheanamh anns an tìr. Cha 'n urrainn nach cuimhnich cinn-theaghlach air a so (oir is e iadsan a tha cunntachail air son gach anam a chaidleas fo na sparran aca an oidhche sin) gu bheil Dia ag iarraidh orra a bhi 'n an sagartan 'n an teaghlach féin, agus gu'm bu chòir daibh altair a chur suas agus gairm air ainm an Tighearna. Nach bu ghasda agus nach bu fhreagarrach an rud e na'm biodh aoradh-teaghlach air a gleidheadh, agus gach anam anns an tigh cruinn còmhla, m' an tòiseachadh ceann an teaghlach air an ainmean a chur sìos. Far an tachair sin is cinnteach gur h-e so an t-salm a sheinnear,

Iehobhah Dia bha cuimhneach oirnn
Beannaichidh e sinn féin;
Beannaichear leis tigh Israeil,
'S tigh Aaroin mar an ceudn'.

Na big 's nà mòir d' an eagal Dia
Beannaichidh e gu caoin;
Cuiridh e sibh an lìonmhorachd,
Sibh féin 's ùr sliochd faraon.

An uair a bhios an ath chunntas air a dheanamh c' àite am bi sinn? Agus mur bheil fiughair againn gu'm faic sinn sin, a bheil dòchas againn fa chomhair là ar bàis? An uair a thig Mac an duine ann an glòir Athar, a dheanamh suas a sheudan agus àireamh a shluaigh, am bi ar n-ainmean-ne sgrìobhta ann an leabhar na beatha?

ANNS A' CHATHAIR.

Tomhais c' àite an robh mi an dé? Bha ann an àite far nach robh mi riamh roimhe, aig margadh nan tarbh ann-am Peairt. Cha 'n e gu robh tarbh a dhìth ormsa a thug ann mi, ach a dh' fhaicinn an t-saoghail. Chunnaic mi sin, co-dhiu crioman ùr dheth, oir mur robh an saoghal uile ann am Peairt an dé, bha maithean nan tarbh ann co-dhiu, eadar a' chrìoch Shasunach is Tigh-Iain-Ghreòta.

Uair 's a' bhliadhna tha Peairt mar a bha baile na h-Aithne ann an làithean Phoil, "làn iodhalan"; tuathanaich is tighearnan is dròbhairean a' cruinneachadh ann á ceithir cheàrnan an domhain a dheanamh am beic do thairbh òga, is dòchas aca gu'm faigh iad a steach do thìr a' gheallaidh air druim tairbh. Is ann air treubh nam Frisealach a thuit dreuchd na sagartachd so ann an Albainn, agus air na làithean-féille sin tha Iain Mòr Friseal a' seasamh an làthair an t-

sluaigh mar a bha Aaron o shean. Ach bu bheag a b'fhiach an laogh òir a rinn Aaron làimh ris na laoigh òir a tha tuathanach ann an Obareadhain a' togail an diugh.

Bha na beathaichean maith gun teagamh, ach ma bha, cha b'ann gun dragh a bhì air a ghabhail riu. Bu mhaith do'n dùthaich na'n robh uiread cùrain air a ghabhail do'n chloinn 's a bha air a ghabhail de na tairbh ud o'n là a rugadh iad. Bha gille-frithealaidh an cois gach fir dhiubh, a' cìreadh an dosain agus a' sliogadh am fionna mar gu'm biodh iad 'g an deasachadh a dhol do'n t-searmon. Bha dosan an tairbh fada na bu chìrte na dosan an fhir a bha frithealadh dha, agus is mi a tha cinnteach nach 'eil mòran dhiubh cho furanach mu'n cloinn 's a bha iad mu na tairbh. Dh'òl a h-uile fear dhiubh de bhainne blàth na bheathaicheadh làn sgoile de phàisdean; a thuilleadh air bainne am màthar fhuair cuid dhiubh bainne mairt eile cuideachd. Rud glé neònach, bha cuid dhiubh nach do chuireadh o dheoghal fhathast ged a bha iad bliadhna a dh' aois agus sé ceud punn ann an cudthrom, agus chluinneadh tu na béistean mòra sin a' langanaich air son am màthar mar gu'm biodh leanabh a' caoineadh na cìche. Mhiannaichinn stràic de'n bhata a thoirt do 'n fheadhainn sin, agus na'n tuigeadh iad Gàidhlig theirinn riutha, "Mo nàire, mo nàire, gambainn cho mòr riutsa a laochain, a bhì air cho beag do sprachd 's gu rachadh tu a chaoineadh; cumhnic air na tairbh o'n d' thàinig tu."

Ma chumas duine a shùilean fosgailte ionnsaichidh e rud ùr agus a h-uile àite an téid e, ach is e an rud a bu mhò a dhrùidh orm-sa ann am margadh nan tarbh, an cudthrom a tha na daoine ud a' cur air dùthchas. Bha na tairbh anns an robh fuil uasal agus a thàinig o shìolachadh maith a' deanamh a thri uiread prise ri tairbh a b' fheàrr na iad anns nach robh fuil cho maith. Bha so na bu chomharraichte anns na h-aighean na bha e eadhon anns na tairbh; mur robh agh de theaghlach maith cha chuireadh na dròbhairean mòra sgillinn air, a dh' aindeoin collunn mhaith a bhì aige. ' Gheibheadh tu air son tasdain leabhar tiugh anns an robh ainm a h-uile beathaich air a sgrìobhadh, an là a rugadh e, ainm athar agus a mhàthar, agus a shìnsireachd gus an dara glùn deug. Bha sin uile air a chur sìos cho cùramach agus cho sòluimte 's gu'n saoilleadh tu gu robh thu a' leughadh duilleig á leabhar Genesis—

Ghìn Arphacsad Salah,
Agus ghìn Salah Eber,
Agus ghìn Eber Ioctan,
Agus ghìn Ioctan Almodad.

Air uairean theirinn rium fhéin nach robh ceist an dùthchais idir cho sìmplidh no cho soilleir 's a bha na daoine ud an dùil, agus gu robh iad a'

cur tuilleadh 's a chòir de chudthrom air fuil is sinnsearachd a' bheathaich agus ro bheag air a choltas agus a chumadh féin; ach air an làimh eile, bha fhios aig na daoine ud glé mhaith gu dé a bha iad a' deanamh, agus cha b'ann idir gun aobhar a bha iad a' seachnadh bheathaichean anns nach robh fuil uasal. Cha b'ann air thuairream a bha iad a' ceannach, no idir air son dibhearsoin daibh féin, ach air ghaol buannachd; agus bu mhaith a b' aithne dhaibh an gnothuch—mòran na b' fheàrr na b' aithne dhomh-sa. Ach air a shon sin 's air fad bu ghasda leam greim fhaotainn air fear dhiubh agus seachas a dheanamh ris air ar n-athais mu'n gnothuch so, cha'n ann air ghaol argumaid ach air ghaol solus fhaotainn air cuspair a tha glé dhìomhair. A dh' innseadh na fìrinn, dh' fheuch mi ri bodach mòr reamhar is coltas còir air, a bha 'na sheasamh làimh rium an uair a bha na breitheamhna a' taghadh nan tarbh a b' fheàrr, a tharruing ann an seachas rium, ach gu mìfhortanach thuir mi rud-eigin ris a thug air a shaoilsinn nach robh annam ach leth-amadan, agus stad ar seachas m'an do thòisich e gu ceart. Bha esan cho làidir air taobh na fala an aghaidh coltas a' bheathaich 's gu'n d' thuir e gu'm b' fheàrr leis tarbh meadhonach maith anns an robh fuil uasal is rìoghail a chur air cheann na buaile na'n tarbh a b' fheàrr a chunnaic e riamh mur robh ann ach fuil nan Ìslean. Thuir mise ris nach b'e sin idir an dòigh a ghabhainn-sa air an taghadh, ach gu'n leiginn mu' réir iad agus gu'n leiginn leò dol a thapaid, agus gu'n tugainn a' cheud duais agus an t-urram do'n fhear a chuireadh ratreut air càch. Theab am bodach e féin a thachdadh leis a' ghàireachduinn, agus ged a dh' fheuch mi ri innseadh dha gur h-ann mar sid a bhios féid a' faotainn air cheann na buaile, is rìoghachdan a' faotainn air cheanntoisich an t-saoghail, agus gur h-ann mar sid a tha laghannan Nàduir ag oibreachadh ann am beatha ghiomach is dhaoine, cha b' urrainn domh an còrr seanchais fhaotainn às leis a' ghàireachduinn. Cha b' aithne dhasan mise agus cha b' aithne dhomhsa esan, ach is mi a tha cinnteach gu'n d' innis e fichead uair cheana naigheachd air an leth-amadan a thachair air ann am Peairt.

Uair a bha duine anns nach robh ach troichean beag biodach is casan cuagach air, a' dùr amharc air tarbh mòr briagha, chualas e ag ràdh ris fhéin. "Na'n robh uiread cùrain air a gabhail mu thaghadh nan daoine a bha gus mise àrach 's a bha air a gabhail mu thaghadh nan tarbh o'n d' thàinig tusa, cha bhithinn 'n am ablach mar a tha mi." Bho làithean Phlato tha dhaoine glie a' cumail a mach gu'm bu chòir do'n staid oidhirp a dheanamh air stoc nan daoine a mhaitheachadh, agus gun chothrom sìolachaidh a thoirt do

fheadhainn a tha an-fhann 'n am bodhig no 'n an inntinn. Cha deachaidh sin fhéin seachad air bodach nan ceist (Socrates), oir thuir e gu'm b' aithne dha dòigh air sin a dheanamh. Ach cha 'n 'eil an rud idir cho furasda 's a bha bodach nan ceist an dùil, no cho furasda 's a shaoileas daoine òga a tha cinnteach gu'n rachadh aca air saoghal ùr a dheanamh ann am fichead bliadhna. A dh'aindeòin gu dé a theirear ruinn mu àrach nan daoine mar a dh' àraichear tairbh is coin, cha 'n ionnan daoine agus coin; tha fichead rud ann a dh' fheumas tu a chumail 's an amharc a thaobh chlànn-daoine nach ruig thu a leas smuaineachadh idir air a thaobh chon.

Co ris a their thu *sàr-chu*, agus co ris a their thu *sàr-dhuine*. Ged nach 'eil mise a' gabhail orm a bhi mion-eòlach air crodh bha e mòran na b' fhasa dhomh na sàr-thairbh aithneachadh am measg nan tarbh eile ann am Peairt na bha e dhomh na sàr-dhaoine aithneachadh am measg nan daoine a bha 'g an reic is 'g an ceannach. Ma tha colunn bhriagha is cumadh mhaith air tarbh no cù, sin na tha a dhìth ort; their thu sàr-bheathach ris. Ach cha 'n 'eil a' chùis cho simplidh idir a thaobh chlànn-daoine. Faodaidh duine a bhi deas is làidir is maiseach 'na bhodhig, ach a bhi gun eanchainn cuileig, an e sin an seòrsa a bu mhaith leat àrach? Glé thrìc tha eanchainn maith ann an ceann grannda, agus ceann maith air bodhig thruagh, an e sin an seòrsa a bu maith leat a chumail bho shìolachadh? Faodaidh eanchainn is bodhig mhaith a bhi aig daoine a tha an cridhe loma làn de'n donas, an e sin an seòrsa a bu mhaith leat pòr fhaotainn bhuatha? An uair a smuainicheas tu air a liughad duileadas a tha anns a'ghnothuch so, agus cho duilich 's a tha e mac an duine a chur fo na h-aon laghannan ris na h-ainmhidhean, tha mi an dùil, a leughadair, gu'n tig thu gus a' cheart cho-dhunadh a thàinig mi fhéin thuige, gur fheàrr dhuinn leigeil le daoine an seann fhasan a leantuinn, agus pòsadh mar a bhuaileas an gaol iad no mar a thoilicheas iad féin. Cha 'n fhaic mi gu bheil na daoine sin a tha riaghladh am beatha le solus reusain dad na's fhearr na 'n fheadhainn eile a tha leantuinn cleachdanna an t-saoghail agus faireachduinnean an cridhe. Glé thrìc is e as deireadh do dhaoine a tha riaghladh am beatha le solus reusain, an tigh-cuthaich; agus a cheart cho tric is e as deireadh do pòsadh ris an abradh bodach nan ceist pòsadh amaideach, làn an tìghe de chloinn cheutach, agus a chàraid leis an leis iad cho sona ris na h-eòin. Their na daoine glic is eagnaidh a thaghas am mnathan le solus reusain nach 'eil anns na daoine a phòsas agus a shìolaicheas le gaol ach daoine gun tùr, agus their iad cuideachd gu bheil iad a' milleadh an stuic. Theagamh gu bheil air uairean, ach

mur biodh anns an t-saoghal so ach daoine a tha riaghladh am beatha le solus reusain cha b' fhada a bhiodh stoc idir ann. Solus reusain, sin an solus fann; a thaobh nan ceumannan as sòluimte 'n ar beatha b' fheàrr dhuit cleachdanna coitichionn a' chinne-daonna a leantuinn seach solus reusain an duine a bu ghlice agus a b' eagnaidhe a b' aithne dhuit riamh.

Tha cuid de dhaoine ann nach b-urrainn dol air each gun dol thairis air; an uair a bheachdaicheas iad air na tha dùthchas a' deanamh ann an teaghlaichean beachdaichidh iad air tuilleadh 's a chòir, gus mu dheireadh a bheil e dhaibh 'n a bhòchdan a mhilleas suaimhneas am beatha. Sin mar a thachair do thuath-anach ann an Srath-Tatha. Fad bhliadhnachan bha e air bhogadan gu pòsadh, ach gu mì-fhortanach thòisich e air dol do mhargadh nan tarbh ann an Peairt agus chuir sin a cheann air aimhreit gu buileach. Chuir e roimhe nach sealladh e air té air bith mur robh *pedigree* maith aice, agus mur robh i bho shinnsearachd gun ghaoid gun mheang. (Gabh mo lethsgèul air son an fhacail *pedigree* ach tha droch Ghàidhlig aca ann an Srath-Tatha, agus sid mar a thuir an duine fhéin e.) Cha ghabhadh e té ma bha duine a bhuineadh dhi ceàrr anns an inntinn, no trom air an deoch, no ma bha caitheamh air gin d'a sinnsearachd, no tinneas-cridhe, no lònidh, no galair-cléibh, no ma bha gin d'a sinnsearachd aig an robh pàisde diolain, no anns a' phrìosan, no rinn rud nàrach air bith. Tha an duine so gun pòsadh fhathast. Shiubhail e sioramachd Pheairt gun té fhaotainn a bha gun mheang 'n a sinnsearachd. Nach b' fheàrr dha nach do chuir margadh nan tarbh an seillean ud 'na bhoineid!

Ach air a shon sin, faodaidh duine dol air each gun dol thairis air. Cha toigh le duine glic air bith fiosrachadh nan aithrichean a chur an suarachas, agus gheibhear inntinn ar n-aithrichean air a' chùis so anns na cean-fhacail—

Tagh do bhean mar is maith leat do chlànn.

Thoir eun á nead ghlan.

Cha tig ubh mòr á tòn an dreathain-duinn.

Is buaine dùthchas na oilean.

Théid an dùthchas an aghaidh nan creag.

Do mhòran dhaoine tha an dùthchas 'n a éire thruim, oir tha fuil dhrongairean anna, agus fuil a tha truailidh ann an iomadh dòigh eile. Ach a dh'aindeoin ciod a rinn ar seanairean, cha ruig thusa na mise a leas an leantuinn, mur toilich sinn fhéin. Tha cumhachd neochrìochnach ann an toil mhic an duine, cumhachd a mharbhas mìle deamhan a chaidh ann leis an dùthchas. Cha chuala mi dad fhathast o'n luchd-ealain a bheir orm a chreidsinn gu'n do rinn mo shinnsearachd ole air bith orm nach h-urrainn mo thoil fhéin a leasachadh, a thaobh stuamachd is fireantachd is diadhaidheachd.



CRÍOSD AGUS A BHANA-CHAIRDEAN.

Mnathan àraidh a chaidh a leigheas o dhroch spioradan agus a easlaintean, Muire d'an goirear Magdalen, as an deachaidh seachd deamhain a mach, agus Ionna bean Chusa, stiubhard Heroid, agus Susanna, agus mòran eile a bha a' frithcaladh dhaibh d'am maoin.—Lucas viii., 2-3.

Tha e a' cur ionghnaidh air iomadh duine e' àite an d' fhuair Crìosd agus a dheisciobuil am beòshlaint anns na bliadhnanachan a bha iad a' dol mu'n cuairt na dùthcha a' searmonachadh rìoghachd Dhé. Tha an t-abstol Eoin ag innseadh dhuinn gu robh sporan aca eatorra, ach dh' fheumadh rud a bhi air a chur anns an sporan sin m' an gabhadh dad a bhi air a thoirt as. Cha robh ann an Iosa féin ach duine bochd; theagamh gu robh e a' cosnadh tuarsadail aig an t-saorsainneachd fad beagan bhliadhnanachan, ach leig e sin seachad an uair a thòisich e air rìoghachd Dhé a shearmonachadh. Bha a' chuid mhòr de na h-abstoil cho bochd ris féin; ma chuir Mata an cis-mhaor no clann Shebede beagan airgid mu seach m' a' do thòisich iad air Iosa a leantuinn, cha b' fhada a mhaireadh sin, agus dh' fheumadh an sporan a bhi air ath-lìonadh air dhòigh air choreigin eile. Tha Lucas ag innseadh ciamar a bha an sporan air a chumail làn, agus ciamar a fhuair Crìosd agus a dheisciobuil am beathachadh anns na bliadhnanachan ud; tha e ag innseadh gur e na mnathan a rinn sin, *mnathan a fhrithheil dhaibh d'am maoin*. B' fheudar do Crìosd frithcaladh do na fir agus an casan a nigheadh le a làmhau féin, ach fhrithheil na mnathan dhàsan, agus dh' ung iad a cheann le ola is thiormaich iad a chasan le falt an einn.

Tha clann-daoine uile gu léir fo fhiachan trom aig an t-Slànuighear, ach tha na mnathan fo fhiachan aige os cionn chàich, oir is ann bhuaith a fhuair iad an t-saorsa, agus an turam a tha aca an diugh, agus na sochairean eile a tha iad a' sealbhachadh.

Ann an dùthchannan na h-àird an Ear cha robh meas coin air mnathan anns na làithean anns an robh Crìosd air thalamh, agus cha 'n 'eil meas coin orra an diugh fhathast anns na dùthchannan nach d' fhuair no nach do ghabh ris an t-soisgeil. Am measg nam Mohammedanach tha cor nam boirionnach anabarrach truagh; cha 'n 'eil anna ach tràillean fo làimh am maighstirean, agus tha an sac air a chumail air an druim daonnan. Bha teagamh aig seanairean is luchd-lagha nam Mahommedanach nach robh anam aig boirionnaich idir, agus cha robh iad a' toirt misneach air bith dhaibh

aozadh no ùraigh a dheanamh. Bha cor nam boirionnach na b' fheàrr am measg nan Iudhach, ach am measg nan Iudhach féin bha iad air' an cumail sìos agus dimeas air a dheanamh orra. Bha e cho furasda do dhuine dealachadh fhaotainn o mhnaoi, 's gur beag nach fhaodadh e a cead a thoirt di uair air bith a thogradh e. Bu leòir da aobhar no lethsgèul faoin a bhi aige air son sin a dheanamh. Bha deisciobuil Hillel de'n bheachd gu'm faodadh duine dealachadh r'a mhnaoi ma mhill i a dhinneir.

Ach chuir Crìosd a' chumhannachd ghraunda sin uile air chùl. Chuir e fion ùr anns na seann searragan is spiorad ùr anns an t-seann lagh; dh' fhuasgail e na ceanglaichean leis an robh mnathan air an cumail ann an daorsa. Rinn e sin gun a ghuth a thogail anns na sràidean; le ghiulan féin thug e air daoine eile a thuigsinn gu robh na ceart chòraichean aig mnathan a bha aig fir, agus gu robh am beatha a cheart cho luachmhor ann an suilean Dhé. Cha robh dochoireachd no cumhannachd ann an intinn Crìosd a thaobh bhan, mar a bha ann an intinn a luchd-dùthcha, no eadhon ann an intinn nan abstol. Chuir e ionghnadh air na h-abstoil Crìosd fhaicinn a' bruidhinn ri bear Shamaria, ionghnadh gu rachadh e ann an seachas ri creutair air an robh iad féin a' deanamb tàir. Ach an àite tàir a dheanamh air a' bhoirionnach sin, dh' fhosgail Crìosd dhì rùintean Dhé is diomhaireachd na diadhaidheachd, agus thug e dhi teagasg cho domhain 's a thug e do na h-abstoil. Theireadh na sgrìobhaichean agus na Pharasaich gu robh e a' tilgeadh nèamhnaidean air beulaobh nam muc, ach cha 'n abradh Crìosd féin sin.

Ach ma thug Crìosd ceartas do mhathan thug iadsan gràdh is dilseachd dhasan. Chuidich iad leis ann an obair an t-soisgeil, agus fhrithheil iad dha d' am maoin. Lean iad e gu Calbhari agus dh' fhan cuid diubh maille ris eadhon an uair a theich na h-abstoil leis an eagal. Lean iad e a dh' ionnsuidh na huagha (oir bu mhaith leò a' chorp ungradh le cladh) agus mar dhuais an dilseachd fhuair iad a' cheud sealladh d'a phearsa ghlòrmhor air maduim na h-aiseirigh.

Fhrithheil iad dha d'am maoin. Bu mhaith dhuinn uile, fir is mnathan mar a tha sinn ann, na'n gabhamaid am facal sin gu ar cridheachan. Tha e mar fhiachaibh air luchd-leanmhuinn Crìosd aobhar an t-soisgeil a chuideachadh, agus ma tha an intinn thoileach againn cha 'n eagal nach fhaigh sinn rathad air sin a dheanamh. Anns an t-seann t-saoghal bha e 'na chleachdadh aig daoine diadhaidh deachamh

a thoirt as am maoin do Dhia, ach ged nach 'eil an cleachdadh sin air a chumail suas a nis le lagh na h-eaglais, tha còir aig a h-uile duine trian d'a thighinn-a-steach a thoirt do'n eaglais agus do na bochdan, a réir mar a bheannaich Dia e 'n a bhascaid agus 'n a amar-fuinidh.

Cha 'n urrainn do eaglais na h-Alba uail a dheanamh as an tabhartas a tha i a' toirt do Chrìosd, a chum a shoisgeul a chraobh-sgaoileadh air thalamh. Ann an 1918 cha d' thug luchd-comanachaidh na h-eaglais ach tasdan an ceann do aobhar an t-soisgeil anns na dùthchannan thall, fàrdain anns an t-seachduinn. An uiridh rinn iad rud beag na b' fheàrr, ach an uiridh fhéin cha d' thug iad seachad ach oehd sgillinn deug an ceann, gus ainm an t-Stànuiogheir àrdachadh am measg nan cinneach—pris gloine uisge bheatha. Rud nàrach; rud a tha dearbhadh gu soilleir nach 'eil sluagh na h-eaglais dèileas d'an creideamh, agus nach 'eil iartus domhain aca gu'n tigeadh rìoghachd Dhé air thalamh. Tha càirdean aig Chrìosd ann an Albainn a tha toirt d'am maoin dha gu fialaidh, cha'n e tasdain ach notaichean agus cha'n e ficheadan ach ceudan, ach tha mòran ainmean aige ann an Eaglais na h-Alba nach 'eil a' toirt da an fhàrdain fhéin, daoine aig a bheil ainm gu bheil iad beò ach a tha marbh.

Na'n cumadh daoine cunntas air na tha iad a' cur de airgid a h-uile bliadhna ann am faoineas, no ann an gòraiche, no ann an toil-eachadh na feòla, agus na'n coimeasadh iad sin ris na tha iad a' cur ann an aobhar an t-soisgeil chitheadh i co dhiu a tha no nach 'eil an cridhe anns an diadhaidheachd. An uair a chluinnear daoine a' gearan air gainne airgid agus air a' chosdus uamhasach a tha air an dùthaich, agus a' deanamh fàisteachd gu'm bris an rìoghachd, faodar a ràdh riù nach e na tha an dùthaich a' cosd air na sgoilean no air na h-eaglaisean a bhriseas i co dhiu. Ma bhriseas an rìoghachd brisidh i a chionn gu bheil daoine a' cur am maoin ann an deoch, agus ann an arm, agus ann an sòghaltachd.

Ged a bheireamaid ar maoin uile do Chrìosd cha phàigheadh sin ar fiachan dhàsan. Cha do chaomhain esan eadhon a bheatha air ar son-ne; "is aithne dhuibh gràs ar Tighearna Iosa Chrìosd," arsa Pol, "ged bha e saoi-bhir, gidheadh, air 'ur son-se, gu'n robh e bochd, a chum tre bhochdainn-san gu'm bitheadh sibhse saoi-bhir." O! gu'n tugadh an Tighearna do eaglais na h-Alba an tuilleadh ùigh ann an craobh-sgaoileadh an t-soisgeil; gu'n deanadh e toileach sinn ann an là a chumhadh, toileach air aobhar an t-soisgeil a chuideachadh le ar n-ùrruighlean agus le ar n-airgid.

Ged a bu leam air 'fhad an saogh',
Bu thìodhlac e gu tur ro chrìon,

Bu neo-ni truagh mar dhìol d'a ghaol,
Mo bheatha, m' anam, is gach sion.

ANNS A' CHOILLE BHEITHE.

Tha aon de na sean-fhacail ag ràdh nach bi grinneas le luathas, ach na'n robh ùine aig a' ghineal so sean-fhacail a dheanamh (rud nach 'eil) tha mi an dùil gu'n cuireamaid car eile anns an fhacal agus gu'n abramaid gu'm bi sonas le luathas. An ceart uair tha a' mhòr-chuideachd de shluagh an t-saoghail làn chinnteach gu'm biodh iad sona na'm faigheadh iad a bhi siubhal troimh 'n dùthaich cho luath ris na h-eòin. Tha farmad aig na coisichean ris na marcaichean; farmad aig na marcaichean ri luchd nan càraichean; farmad aig luchd nan càraichean ris an fheadhainn aig a bheil soithichean-adhair, agus iad uile an dùil nach beir iad air a bhi sona mur bheil iad a' siubhal gun sgur agus a' siubhal le luathas na gaoithe.

Ach a Mhoire na gréine cha'n ionnan leam a bhi 'n am shuidhe ann am fàsadh a' ghàrraidh so anns a' choille bheithe, ag éisdeachd nan adharcan-luachrach a' trod ris na faoileannan shìos aig an abhainn, seach a bhi ann am fear de na càraichean a tha dol seachad air mo dhorus aig dà fhichead mìle 's an uair. Cha 'n 'eil farmad air an t-saoghal agam ris an fheadhainn a tha anna, agus tha amharus agam gu'm biodh an dara leth dhiubh co dhiu a cheart cho sona ged a dh' fhanadh iad aig an tigh. Tha rathad mòr an Rìgh a' dol seachad air beulaobh an tìghe agam, an rathad eadar Peairt agus Ionarnis, agus aon uair 's gu'n tig a' Chàisg tha càr as déidh càir a' dol seachad fad an latha, agus iad uile 'n an cabhaig mar nach robh ùine aca fantuinn ri 'm biadh itheadh. Sin rud glé neònach, ach rud a chi thu gu tric anns a' ghineal so, *daoine dìomhanach agus iad 'n an cabhaig*. Cha chuireadh e uiread ionghnaidh ort daoine aig a bheil mòran r'a dheanamh a bhi 'n an cabhaig, ach sin na daoine a tha an diugh a' gabhail an t-saoghail gu réidh, agus is e na daoine a tha 'n an deann-ruith le cabhaig an fheadhainn aig nach 'eil dad r'a dheanamh, agus a dh' fhaodadh luidhe seachd seachduinnean air an leabaidh na'n toileachd iad.

Tha a fasan fhéin aig a h-uile gineal, agus is e fasan an t-saoghail anns a' ghineal so, a bhi air ghluasad gun sgur, a' siubhal sìos agus suas. Cha toigh leam fhéin am fasan ùr so idir, agus ged nach biodh rud eile agam 'n a aghaidh ach gur e Satan a thòisich air an toiseach, bu leòir sin féin. An uair a chuir Iehobhah a' cheist air Satan, agus e air e féin a nochdadh gu dalma 'n a làthair, "Cia as a thàinig tu," fhreagair Satan agus thubhairt e, "O imeachd

mu'n cuairt air an talamh agus o shiubhal sìos agus suas air." Is gasda le Satan daoine a chur 'n an cabhag, agus an cur gu shiubhal, oir tha fhios aige glé mhaith gu'n cum sin iad o bhi smuaineachadh air nithean tromdach nach toigh leis-san idir, nithean air nach maith leis daoine a bhi a' beachdachadh.

Cha'n 'eil teagamh nach 'eil daoine a' faotainn toilinntinn o bhi shiubhal le luathas ann an innealan-giùlain. Mur bitheadh, cha bhiodh iad 'g a dheanamh. Bha aon de mhinistearan Dhunéidinn anns an sgìreachd so anns an fhoghar an uiridh, ach fad an dà mhios a bha e an so bha aige ri dol do Dhunéideann a h-uile Di-luain, agus an bitheantas rachadh e air thurus do àite-eigin eile aig deireadh na seachduinn. Là a bha sinn a' bruidhinn r'a chéile thuir mi ris gu robh mi duilich gu robh aige ri uiread de shiubhal a dheanamh agus uiread d'a ùine a chur seachad anns a' charbad-iaruinn. "Duilich!" ars' esan, "cha ruig thu a leas, cha'n 'eil rud air an t-saoghal as fheàrr leam na bhi ann an carbad iaruinn." Theagamh gu robh esan duilich nach robh mise a' fàgail a' bhaile agus gu robh mi a' cadal 'n am leabaidh féin a h-uile oidhche.

Tha mi an dùil gur h-e na dotairean a chuir ann an cinn dhaoine gu bheil e maith dhaibh a bhi shiubhal sìos is suas. Ach tha na dotairean glé choltach ris na h-Arabaich; innsidh iad dhuit an rud a chòrdas riut. Sin an t-aobhar gu bheil uidhir de na lighichean a' comhairleachadh do dhaoine tinne dileag bheag uisge-bheatha a ghabhail an dràs 's a rithist. Tha fhios aca nach mi-chòrd sin ri daoine, agus gu'm pàigh iad gini gu toileach air son comhairle cho glic. Tha fhios aca cuideachd gu'n còrd e ris a' mhòr-chuideachd de dhaoine seachduinn a chur seachad aig taobh na mara, no mìos a chur seachad am measg nam beann, agus bheir iad a' chomhairle sin orra an uair a dh' iarras iad comhairle.

Cha'n 'eil mise ag ràdh nach 'eil e maith do chuid de dhaoine atharrachadh fhaotainn an dràs 's a rithist, ach cha mhò a tha mi a' creidsinn gur e an t-aon leigheas air uile eucaillean a' chuirp agus na h-inntinn daoine a dh' fhàgail an tighèan féin agus dol do cheann a deas na Frainge no do cheann a tuath na h-Alba. Cha'n 'eil àite air an t-saoghal as fheàrr leam a bhi ann na mo thigh féin, agus gheibh mi na tha de atharrachadh no de ùrachadh a dhith orm gun dol ceud slat o m' dhorus. An diugh fhéin tha mo chridhe a' deanamh gàirdeachas anns a' choille so; oir tha anail bhlàth an t-sàmhraidh a' dusgadh an smiora 'n am chnàmhan, agus sòlas ann am inntinn.

Bho chionn seachduinn tha a' ghrian cho blàth 's ged a b'e meadhon an t-sàmhraidh a bha ann. Tha nimh anns a' ghaoith anns na

feasgair an uair a theid a' ghrian fodha agus tha liath-reòthadh ann anns na maduinn, ach air a' mheadhon-là tha blàths ann a chuireas bodaich is cailleachan gu seinn cho mhaith ris na h-eòin. Ma's e na h-eòin féin, cha'n 'eil seanchas eile aca an diugh ach a' moladh an latha do chàch a chéile; fichead uair thuir an lòn-dubh agus an smeòrach nach cuimhne leò a leithid de shid o bha iad 'n am bigeanan, ach tha a' chailleach-oidhre ag ràdh riu nach mair i. Ach cha ruigear a leas umhail air bith a ghabhail do na their a' chailleach-oidhe; sin an dòigh a tha aice daonnan, a bhi ag ochanaich agus a' manadairachd gu bheil gal goirid duit.

Tha an t-earrach cho tràth am bliadhna 's a bha an geamhradh cho maith. Mur d' fhuair na tuathanaich an talamh a thionndadh agus an sìol a chur 'n a àm cha'n urrainn daibh a' choire a chur air an t-sìd. Tha eòin na coille a' toirt rabhaidh dhaibh le'n ceòl gur e nis an t-àm tòiseachadh air cuideachadh le feartan Nàduir, los gu'n toir an talamh sìol dhaibhsan a chuireas agus aran dhaibhsan a dh'itheas. Tha na h-eòin féin driopail cuideachd air cheann an gnothuch; an smeòrach, an dreathan, am brù-dhearg, am buidhean-coille is breac an t-sìl, agus iad uile a' seinn gu sunnach air bharruibh nam preas. Tha na gaeagan ag àt air na preasan, an impis briseadh a mach, agus ann am beagan ùine bidh iad fo fhùr, ràs-chrannan is craobhan ùbhlán, gròsaidean is àirneagan, dearcann Frangach is sgitheach. Tha am fear na's fhaide air aghaidh cuideachd na's àbhaist aig an àm so de'n bhliadhna, an dara seachduinn de April.

Is e sealladh cho maiseach 's a tha ri fhaicinn anns an earrach, an gorm a' gobachadh air na craobhan lairig. Ach ciod a their thu ris an duine (sgrìobhaiche ainmeil) a thuir nach b' urrainn da guirme an earraich fhulang a chionn gu robh e a' toirt oibheum d'a shùil? Ciod ach nach robh ann ach am buamastair a dh' aindeòin a theòmachd air sgrìobhadh, agus nach b' airidh e air sùilean a bhi aige! B'e sin an t-sùil gun solus, an t-sùil nach fhaic maise ann an guirme na lairig anns an earrach. Cha 'n e mhain gu'm bi guirme nan craobhan lairig a' toirt sòlas dhomh féin 'n am dhùsgadh, ach bidh mi 'g a fhaicinn 'n am bhruadair, agus glé thrìc ann an aislingean na h-oidheche bidh mi 'g am fhaotainn fhéin aig Creag Bhàrr ann an Rainneach agus aig taobh Loch Nis, eadar Druimnadrochaid agus Obriachan.

Ach thug mo sheanchas féin air falbh mi o'n rud eile a bha mi dol a ràdh mu na daoine a bhios a' shiubhal gun sgar, gu bheil iad an dùil gur e sin an dòigh air gliocas fhaotainn cho mhaith ri sonas. Their iad riut mur robh thu anns na h-Innsean an Ear nach fhiach do bheachdan dad mu cheist air bith a bhineas do

na h-Innsean. Ma bha thu anns na h-Innsean (ged nach do rinn thu ach dol air tìr fad thri seachdùinnean) éisdear riut mar gu'm b'e Solamh a bha labhairt. Sin agad eiriceas cho cronail 's a tha anns an t-saoghal an diugh, am beachd faoin a tha aig mòran dhaoine (daoine a bu chòir an tuilleadh tìur a bhì aca) gur h-ann le bhì dol sìos agus suas air an talamh a gheibh duine tuigse ann an gnothuichean. Cha 'n 'eil nuise a' creidsinn sin; faodaidh tuigse a bhì aig duine nach d' fhàg riamh a thigh nach 'eil aig an fheadhainn a chaidh fichead uair ceithir thimchioll an t-saoghail.

Tachraidh am beachd feall so ort fichead uair 's an latha, agus ann an iomadh cruth. Aig àm cogaidh tha a h-uile beachd faoin is feall a' cinntinn gu bras, oir tha inntinnean dhaoine air an dorchachadh an uair a thòisicheas iad air tapaid, agus creididh iad rudan leanabail do nach tugadh iad géill na'n robh an inntinnean cho soilleir no cho socrach 's a b' àbhaist daibh a bhith. An uair a thigeadh fear de na saighdearan dhachaidh as an Fhraing no as an Tuirc chruinnicheadh daoine uime a dh' fhaotainn fios cinnteach mu'n chogadh mar gu'm b' urrainn da forfhais a thoirt daibh, no solus, nach robh aca féin. Ma theireadh mac a' ghobhainn no ogha Néill shaoir gu robh eagal am bàis air na Gearmailtich roimh na Gàidheil, no gu robh na Turcaich a' call am misnich, rachadh seanairean a' bhaile dhachaidh gu toilichte agus chaidleadh iad gu foisneachail, ag earbsadh ris an rud a thuir ogha Néill. Nach robh e thall agus cò aige a b' fheàrr a bha fhios! Is e an fhìrinn gur e na daoine a bu mhotha a bha faicinn, agus a b' fheàrr aig an robh fhios ciamar a bha cuisean a' dol anns a' chogadh, na daoine nach robh thall idir.

Tha am beachd so a' tachairt ort ann an cruth eile an uair a dh' iarrar ort dol do Ionar-Ar, agus gu'm fosgail sin do shùilean agus do chridhe air chor agus gu'n tuig thu bàrdachd Bhurns. Cha 'n 'eil iarraidh air bith agam-sa dol a dh' Ionar-Ar, agus cha mhò a théid mi ann gu bràth mur bi gnothuch eile agam ann ach a thuigsinn Bhurns, oir cha 'n 'eil mi a' creidsinn gu'm cuireadh mo thurus aon leus soluis ann am shùilean nach 'eil annta cheana. Bu mhaith leam gun teagamh an t-àite agus an tigh anns an robh Burns a' fuireach fhaicinn; bu mhaith leam an ad a bhiodh air ceann Wordsworth fhaicinn, agus na glinn anns am biodh e a' gabhail a shràide, agus an cnocan air am biodh e a' suidhe, ach ged a chithinn sin, cha b' urrainn mi a chur mar fhiachaibh orm féin gu robh e a' toirt eòlais dhomh air cridhe agus obair nam bàrd sin nach robh agam roimhe. Tha sean fhacal aig muinntir na Spainnt ag ràdh, "ged rachadh duine do na h-Innsean cha toir e òr às ach na thug e ann." Sin mar a dh' éireadh dhuit ged a rachadh tu

do Ionar-Ar no do Windermere; theagamh gu'm faigheadh tu treathlaich bheag a chuir-eadh tu 'n ad phòca agus a leigeadh tu fhaicinn d' ad chloinn an uair a thigeadh tu dhachaidh, ach a thaobh an òir a tha r'a fhaotainn ann an Burns no ann an Wordsworth cha 'n fhaigheadh tu dhe sin ach na thug thu leat.

Tha seòrsa dhaoine ann ris nach 'eil e furasd éisdeachd le faighidinn, ministearan a chaidh do thir a' gheallaidh, agus a tha nis a' saolsinn gu bheil iad a' tuigsinn an t-soisgeil mar nach do thuig iad e riamh roimhe, a' tuigsinn Chrìosd na's fheàrr na daoine eile nach deachaidh riamh do'n dùthaich anns an do rugadh e. Chuala mi le mo dhà chluais féin ministearan ag ràdh sin, agus tha mi an dùil nach abradh iad e mar robh iad ann an da rìreadh 'g a chreidsinn. Ach ma's duine glic thusa, a leughadair, leigidh tu a mach air an dara chuais na their na daoine sin ann ad chluais eile, oir is mòr m' eagal gu bheil an cinn cho bog ris na h-adaichean a tha 'g an còmhdaich. Bu mhaith leam-sa mi fhéin Nasaret fhaicinn is Shìabh nan Crann-oladh, Ierusalem is muir Ghalilè, Bethlehem is Calbhari, ach ged a chithinn iad agus ged a phògann an ùir air an do sheas a chasan gaolach-san, cha tugadh sin orm a chreidsinn gu'm b' aithne dhomh mo Shlànuighear na b' fheàrr na b' aithne dhomh e roimhe. Is e aon rud a tha ann fiosrachadh a bhì aig duine mu fhìrnichean Ghalilè, no mu'n aodach a bha air Iosa ann an làithean fheòla, no mu'n bhìadh a bhìodh e ag itheadh, ach is e rud eile a tha ann dìomhaireachd na diadhaidheachd a thuigsinn. Cha 'n ionnann an dà rud idir, agus cha 'n 'eil ann ach an daor pheasanachd a bhì ag ràdh gur h-ionnann.

Is e an duine aig a bheil tuigse is gliocas is sùilean mar choinneal, an duine d' an aithne a chridhe féin. Ma's aithne dhuit do chridhe féin is aithne dhuit an saoghal ged nach deachaidh tu riamh na b' fhaide air falbh na lub a' gheòidh. Bidh an fheadhainn a tha dol seachad air mo dhorus-sa an diugh le luathas na gaoithe ann an Ionarnis a nochd fhathast: m' an tig seachduinn faodaidh iad a bhì anns an Fhraing; as an Fhraing theid iad do'n Eiphit, agus as an Eiphit do Bhrazil; ach ged a chuireas iad cearcall air an t-saoghal m' an stad iad, agus ged a chi iad iomadh rud neònach agus a chluinneas iad daoine a' goileamas ann an ceud cànan, chuirinn mo gheall nach bi aithne aca air an t-saoghal mar a bha aig duine caomhail nach do rinn mòran siubhail ach a chuir seachad a bheatha a' rannsachadh a chridhe féin, an diadhair Newman. Cha 'n ann le luathas ach le athais a gheibhear gliocas, agus a thaobh sonais, is fheàrr leam feitheamh agus an tig e thugam gun iarraidh seach tòiseachadh air a ruagadh ann an càr.



CRIOSD AIR A CHRUNADH.

Agus tha a shùilean 'n an lasair theine, agus air a cheann tha mòran chrùn.—Taisbean vii. 12.

An uair a bha Criosd air thalamh b'e crùn droighionn a chuir daoine air a cheann, ach a nis,

Tha 'n Ceann bha crùinte le droighionn cruaidh

Nis cuairtiche le glòir;

'S tha coron-rìgh is rìomhach snuadh

Mu'n bhathais bhuaidhaich mhòir.

Nach iongantach a' chaint a tha an t-abstol Eoin ag uisneachadh mu'n t-Slànuighear ann an leabhar an Taisbeanaidh! An do leugh thu riamh rud as iongantaiche na'n cunntas a tha e toirt duinn air coltas Chrìosd, "a cheann geul mar olainn ghil, a shùilean mar lasair theine, a chasan mar umha loinnireach, seachd reultan aige 'n a làimh, agus a' teachd a mach as a bheil claidheamh geur dà fhaobhair." Cuimhnich gu'm b' aithne do Eoin coltas Chrìosd ann an làithean fheòla; b' aithne dha dath fhuilt is dath a shùil, cumadh a chinn agus a làmhau, ach cha b' ann mar a bha e air thalamh a chunnaic e e ann am Patmos ach ann an glòir a dhiadhachd. Cha 'n 'e dealbh neach a b' aithne dha a tha Eoin a' toirt duinn anns an leabhar so, ach dubh-fhacail is sàmhlaidhean leis a bheil e a' feuchainn ri cumhachd is glòir Chrìosd a nochdadh dhuinn. Tha e a' feuchainn ris an ceart fhàireachduinnean a dhùsgadh ann an cridheachan a luchd-leughaidh mu thimchioll Chrìosd a bha air an dùsgadh 'n a chridhe féin.

Anns an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn mu sheòrsa dhaoine a tha an dùil gu'n d' fhuair iad eòlas a b' fheàrr air Criosd le sgrìob a ghabhail do'n dùthaich anns an do rugadh e, ach tha mi glé chinnteach nach comhairlicheadh an t-abstol Eoin do na daoine sin luach-aisig a phàigheadh do Ierusalem, a thuigsinn Chrìosd. Cha 'n 'eil mise ag ràdh nach 'eil e chum buannachd do'n Eaglais agus do'n Chreideamh uiread eòlais a bhì againn 's a ghabhas faotainn mu na nithean beaga a bhuineadh do bheatha Chrìosd ann an làithean fheòla, cho mhaith ris na nithean mòra. Tha e nàdurra gu'm biodh iarraidh aig daoine air suidheachadh a bheatha a thuigsinn, an t-aodach a bhiodh air. am biadh a bhiodh e a' gabhail, na bàtaichean anns am biodh e a' gabhail an aiseig, agus rudan eile mar sin.

Ach buidheachas do na sgoilearan cha 'n 'eil gainne eòlais oirnn an diugh mu thimchioll nan nithean sin; cha mhòr nach h-aithne dhuinn Nasaret cho mhaith 's is aithne dhuinn an sgìreachd anns an do rugadh sinn; agus innsidh na balaich bheaga anns an sgoil Shàbaid dhuit mu na cleachdanna a bha aca anns an t-sionagog, agus mu na seòrsachan bidh a chuireadh Marta air a' bhòrd an uair a thigeadh Iosa do'n tigh aca. Tha leabhraichean mòra tiugha air an sgrìobhadh mu mhuir Ghalile, mu na h-éisg a bhiodh Peadar a' glacadh agus na linn a bhiodh Seumas a' càradh; leabhraichean a cheart cho mòr mu na cuileagan agus na seangain agus na fionnain-fheòir a bha anns an dùthaich ri linn nan Abstol, leabhraichean as tiugha air fad mu na fluraichean agus na measan agus na craobhan air an do dheare sùilean Chrìosd ann an làithean fheòla, agus sin uile air a dheanamh los gu'n tuigeamaid Criosd na b' fheàrr. Cha 'n 'eil mise ag ràdh gu bheil an seòrsa fiosrachaidh sin gun fheum; tha e feumail 'n a àite féin, ach air a shon sin cha 'n 'eil mòran soluis ri fhaotainn ann a thaobh dìomhaireachd na diadhaidheachd no rùintean Dhé ann an Criosd. Mar a bu shine agus a bu ghlice bha na h-abstol a' fàs is ann bu lugha bha iad a' deanamh de'n eòlas a bha aca air Iosa gu pearsona agus an càirdeas a bha eatorra ann an làithean fheòla. Thogadh Iudas (am fear a sgrìobh an litir) anns an aon teaghlach ri Iosa, oir bu bhràithrean iad; ach cha 'n 'eil Iudas ag ràdh dad uime sin anns an litir. Cha 'n 'eil, a chionn nach robh e an dùil gu robh an dàimh anns an robh e ri Criosd a' ciallachadh dad, no an t-eòlas a bha aige air gu pearsona. Cha b' ann mar bhràthair Iosa a sgrìobh e ach mar *sheirbhiseach an Tighearn Iosa Criosd*, an dàimh dhaonnaid a' dol air chùil agus dàimh ùr a' tighinn am follais, an dàimh spioradail a tha eadar an Slànuighear agus an t-anam. Ma b' aithne do Phol Criosd ann an làithean fheòla, cha do mheas e riamh gu'm bu bhuannachd mhòr dha sin, no gu robh e a' toirt ùghdarras dha nach robh aig an fheadhainn nach fhaca idir e. "Eadhon ged a b' aithne dhuinn Criosd a réir na feòla," ars' esan, "gidheadh a nis cha'n aithne dhuinn e mar sin na's mo." B' aithne dha e ann an dòigh a b' fheàrr, air mhodh spioradail.

Nach bu mhòr an t-atharrachadh a bha eadar an dà shealladh a fhuair Eoin air Criosd, air a' chrann-cheusaidh agus ann an Eilean

Phatmos! Ach b'è an aon neach a chunnaic e anns an dà àite. Air Calbhari bha e mar thuir aon de na fàidhean mar chhuimh agus cha'n ann mar dhuine, air a dhìneas agus air a chur air chùl le daoine, ach ann am Patmos bha e air a sgeadachadh le glòir agus air fhoillseachadh ann am mòrachd a neirt. Cha bu rìgh nan Iudhach e na's mò, ach Rìgh nan Rìghrean agus Tighearna nan Tighearnan, a shùilean mar lasair theine agus air a cheann mòran chrùn—na crùn sin 'n an samhladh air a' bhuaidh a choisim e cheana an uair a thug e saorsa do pheacaich agus a thug e an gath as an uaigh agus as a' bhàs, agus 'n an samhladh cuideachd air an inbhe agus an t-ùghdarras a thug Dia dha an uair a chuir e 'n a shuidhe e air a dheas làimh anns na nèamhan.

Eadhon aig àm comanachaidh, ged a bhios sinn a' cuimhneachadh gu sònruichte air bàs an Tighearna agus air fhulangas air son pheacach, cha 'n e laigse a dhaonnachd a bu chòir duinn a bhi cumail fa chomhair ar n-intinn ach glòir a dhiadhachd, oir cha 'n ann do neach marbh a tha sinn ag aoradh ach do Shlànuighear ata beò gu sìorruidh. "Is mise an neach a bha marbh, agus feuch, tha mi beò gu saoghal nan saoghal." Tha e beò Mar Rìgh, agus tha gach uile uachdranachd agus chumachd air an cur fo chasan. Ged nach fhaicear Crìosd an diugh leis an t-sùil chorpóra gidheadh tha e fathast maille r'a shluagh; an uair a chuireas e mach iad air thurus an t-soisgeil agus air cheann obair a rìoghachd tha e féin a' dol maille riu, mar cheann-iùil agus mar chomanndair. "Thugadh dhomhsa gach cumhachd air neamh agus air thalamh. Uime sin imichibh-se agus deanaibh deiseiobuil de na h-uile chinnich, 'g am baisteadh ann an ainm an Athar, agus a' Mhìc, agus an Spioraid Naoimh; agus feuch tha mise maille ruibh a ghnàth gu deireadh an t-saoghail."

Sin gealladh Chrìosd d'a shluagh, agus na'n robh iadsan a' creidsinn ann an dà-rìreadh gu bheil an neach glòrmhor a chunnaic Eoin ann am Patmos daonnan maille riu dheanadh iad gairdeachas, agus bhiodh misneach, is dòchas, is neart, 'n an cridhe. C'ar son a tha sluagh an Tighearna cho bitheanta air an leagadh sìos 'n an anam, agus a' call an dòchais? Tha, a chionn nach 'eil iad a' togail suas an sùl agus nach 'eil iad a' faicinn Chrìosd air a chrùnadh mar a chunnaic Eoin e. Bha na làithean anns an robh Eoin beò mòran na bu chunnart-àiche do shluagh an Tighearna na na làithean a tha againne an diugh, oir bha Nero air a' chrùn, agus bha an dà chuid aig Nero toil agus comas ole a dheanamh air na Crìosduidhean. Dh'fhuing deiseiobuil Chrìosd ann an linn Nero pian is nàire is masladh nach gabh inn-seadh; bha na mìltean dhiubh an toiseach air an

reubadh le fiadh-bheathaichean, agus an sin air an tumadh ann an ùileadh agus air an tilgeadh anns an teine. Ach air a shon sin bha iad dìleas gu bàs agus ghleidh iad an creideamh; bha iad làidir 'n an intinn, *mar dhaoine a bha faicinn an tì a tha neo-fhaicsinneach*. Ma bha iad a' faicinn làmh Nero air a togail 'n an aghaidh bha iad a' faicinn cuideachd neach a bu chumhachdaiche na Nero agus a làmh air a togail as an cionn, 'g am beannachadh agus ag ràdh riu, "Bithibh-se dìleas gu bàs agus bheir mise dhuibh crùn na beatha." Eadhon an uair a bhiodh iad 'g am foluch féin ann an uamhachan agus ann am beanntan bhiodh iad a' faicinn 'n an dùsgadh agus 'n am bruidair rud-eigin coltach ris an t-sealladh a chunnaic Eoin ann am Patmos, agus b'è sin an t-aobhar gu'n robh iad seasmhach agus neo-ghluasadach.

Gun chreideamh làidir a bhli aice ann an cumhachd Chrìosd cha'n urrainn an eaglais sìor-bhuanachadh anns an obair a thug Dia dhi r'a dheanamh, an saoghal a chosnadh do Chrìosd. Co a b' urrainn tòiseachadh air an t-soisgeul a shearmonachadh do na cinnich mur biodh e cinnteach gur e Chrìosd cumhachd Dhé a chum slàinte, agus mur biodh e cinnteach gu bheil Chrìosd féin maille ris agus a' beannachadh an fhacail a tha air a shearmonachadh 'n a ainm? An uair a sheallas sinn air na duileadasan a tha anns an rathad agus an ùine a tha e a' gabhail an saoghal a chur fo cheannsal Chrìosd tha ar cridhe agus ar creideamh a' fàilneachadh le eagal is eudòchas. Ach is e so acair ar dòchais is fàth ar misnich, nach ann as a ceann féin a ghabh an eaglais os làimh an saoghal a chosnadh do Chrìosd; buinidh an obair sin do Dhia; agus air chùl na h-eaglais tha cumhachd an Spioraid Naoimh, agus cumhachd Chrìosd, an tì a chunnaic Eoin, *agus crùintean na buadha air a cheann*. Lion beag is beag tha an Tighearna Iosa a' faicinn toradh fhulangais agus thig an latha gu cinnteach anns an tilg uile rìghrean na talmhainn an crùintean aig a chasan. Is leis-san a' mhòrachd, agus an cumhachd, agus a' ghlòir, agus a' bhuaidh, agus a' mhòralachd, agus tha e air ardachadh mar cheann thar na h-uile.

*Gach uile phobull agus treubh
Tha 'n taobh a bhos de'n uaigh
Ard-chlù is urram thugaibh dha
Is crùnaibh Rìgh nan Sluagh.*

— : o : —

FAR AM BHEIL GRADH THA DIA.

Tha na daoine mòra gaolach air naigheachd a cheart cho mhaith ris a' chloinn bhig, mòran na's gaolaiche na tha iad air searmon. An fheadhainn, mata, nach leugh an searmon

leughadh iad an naigheachd so a bha air a sgrìobhadh le Tolstoi; duine mòr, is duine glic, is duine diadhaidh; duine is docha leam cian uair na Dòmhnallach na Tòiseachd.

Uair-eigin bha greusaich a' fuireach leis fhein ann an tigh beag, agus an uair nach biodh an corr aige r'a dheanamh bhiodh e a' sealltuinn a mach air an uinneig, ach cha b'ann idir air aodann nan coisicheann a bhiodh a' dol seachd a luidheadh a shùil ach' air am brògan. Cleas an duine laghaich, Sombhairle Ueller, cha robh fear no té anns a' bhaile nach aithnicheadh e air am brògan. Cha robh iongnadh ann, oir cha mhòr gu robh paidhir bhròg anns a bhaile nach robh uair no uair-eigin 'n a làimh, a' cur ghearr-bhonn orra, no 'gan càradh.

An uair a bha Màrtainn (b'e sin ainm a' ghreusaich) 'n a dhuine òg chaill e a bhean, agus bha e air fhàgail le balachan beag nach robh ach a' dol air choisachd. Thairg càirdean am balach a ghabhail agus a thogail, ach cha dealachadh Màrtainn ris an leanabh. Thog e fhéin e, agus bha iad le chéile cho sona gaolach ri càraid air bith a bha anns an dùthaich, ach dìreach mar a thàinig an gille gu aois gu bhì deanamh còmhnaidh le athair, bhuaill fiabhirus e agus shiubhail e. Theab Màrtainn bochd a chridhe a bhriseadh. B'e am balach solus is sonas a bheatha; thuir e nach bu bheò dha a bheò as eugmbais, is ghuidh e ri Dia air son a bhàis. Co dhù a chaill no nach do chaill e a chreideamh ann an Dia cha 'n urrainn mi a ràdh, ach sguir e a dhol do 'n eaglais, agus bhiodh e a' faotainn coire do fhreasdal an Tighearna.

Là a thàinig seana charaid air an robh e eòlach 'g a fhaicinn dh'innis Màrtainn dha mar a rinn Dia air. Dh'innis e dha mu shearbhadas an fhreasdal 'n a bheatha; thuir e nach robh thachd sam bith aige 'n a bheatha tuilleadh agus gu'm b' fheàrr leis a bhì marbh.

"Cha 'n'eil thu a' labhairt gu glic," ars' an seann duine; "cha chòir dhuit a bhì deanamh casaid an aghaidh Dhé no a' faotainn coire d'a fhreasdal. Ged tha e duilich dhuit-se a thuigsinn c'arson a chunnaic Dia iomchuidh am balach a thoirt air falbh agus thusa fhàgail, feumaidh e bhì ceart gu'n do rinn e sin, oir cha 'n urrainn do Dhia cucoir a dheanamh. Tha e ceart 'n a uile shlighean agus naomh 'na uile ghnìomharan."

Air chomhairle an t-seann duine thòisich Màrtainn air a' Bhiobull a leughadh. An toiseach cha robh e 'n a bheachd a leughadh ach an uair a bhiodh e 'n a thàmh co dhù, ach cho luath 's a thòisich e air fhuair e am Biobull cho blasda 's gu'n robh e aige gun sgar. Bha facal Dhé air a choimhlunnadh dha gu litireil, am facal sin a tha ag ràdh, "Bheir fosgladh do bhriathar solus, a' toirt tuigse do na daoine simplidh." Thàinig e gu bhì tuigsinn gliocas is

gràdh Dhé, agus an àite a bhì gearan air Dia mar b' àbhaist da bhiodh e a nis ag ràdh 'na ùrnuigh a h-uile maduinn is feasgar, "Do thoil, a Dhé, gu'n robh deanta."

Chunnaic na coimhearsnaich gu'n robh atharrachadh air Màrtainn. Ged nach robh e riann 'n a fhìor mhisgear bhiodh e a' dol do'n tigh òsda, agus an uair a theid daoine do'n tigh-òsda faodaidh tu a bhì cinnteach nach ann a dh' òl méig a théid iad ann. Ach a nis cha rachadh e idir ann, agus cha mhò a ghabhadh e companas ri daoine gòrach a bhiodh a' dol ann. BRANDIE

Oidheche shònruchte agus e a' leughadh a' Bhiobuill thàinig e a dh' ionnsuidh an t-seachdamh caibideil de shoisgeul Lucais far am bheil e air inneadh mu'n Pharasach a thug cuireadh do Iosa ach nach d' thug uisge dha a nigheadh a chasan an uair a ràinig e a thigh. Leugh e na briathran còig no sia dh' uairean, "Cha d' thug thusa dhomh uisge air son mo chas, cha d' thug thu dhomh pòg, cha d' ung thu mo cheann" "Is mise an Pharasach sin," thuir Màrtainn ris féin, "tha am barrachd suim agam d' am chorp féin na tha agam do ghlòir an t-Slànuigheir bheannaichte." Thug e greis a' cnuasachadh air na leugh e, agus gun fhios da, thuit e 'n a chadal. Ach le grad chlisgeadh dhùisg e, oir chual e mar gu'm biodh neach air chor eigin 'g a ghairm air 'ainm. Sheall e bhos is thall ach cha robh neach r'a fhaicinn. Thàinig an cadal air a ris, agus a ris eadar a chadal 's a dhùsgadh chual e gu soilleir, "A Mhàrtainn, seall a mach air an t-sràid a maireach; tha mise a' tighinn."

Moch am maireach dh' érich Màrtainn, agus an déidh dha ùrnuigh a dheanamh ri Dia agus a bhraiceas a ghabhail, shuidh e air an fhurmhgreusachd agus thòisich e air obair an latha. Ach ged a bha iall is minidh 'n a làmh, fad na h-ùine bha a smuaintean a' ruith air na thachair an raoir, agus gun e cinnteach co dhù a chual e gu ceart no bha e brùadar. Bha a shùil daonnan air an uinneig, agus an uair a rachadh duine air bitl: seachad ann am brògan nach b' aithne dha, dh' fheuchadh e ri aodann fhaicinn, ach am b'e so an t-aoidh a bha dol a thighinn.

Bha seann saighdear d' am b' ainm Stephen a' glanadh na sràide agus caibe 'n a làimh. Bha an latha fuar, agus uair a sheall Màrtainn a mach air an uinneig chunnaic e Stephen a' cur a' chaibe an taic a' bhalla agus a' feuchainn ri e fhéin a chumail blàth le bhì bualadh a làmh. "Tha mi 'n dùil nach bu mhisd Stephen cupan tea," thuir Màrtainn ris fhéin, "agus o'n tha a' phoit a' goil bheir mi dha e." Sméid e air Stephen; "thig a steach, a laochain, agus dean do gharadh; tha thu air do mheileachadh leis an fhuachd."

Thòisich iad air seanchas agus Stephen ag òl na tea, ach fad na h-ùine bha e a' faicinn nach robh Màrtainn cho fòisneachail 's a b' àbhaist da, agus gu robh a shùil an dràsda 's a rithist air

an uinneig mar gu'n robh fiughair aige ri cuid-eigin.

"A bheil dùil agaibh ri neach air bith an diugh," thuirt an saighdear. "Mata," ars' Màrtainn, "tha nàire orm do fhreagairt no innseadh co ris a tha fiughair agam. Bha mi a' leughadh mu Chrìosd an raoir, agus ar leam gu'n cuala mi guth ag ràdh, "Bi sealltuinn air mo shon, tha mi a' tighinn am màireach." "Chuala mi dà uair e, agus feumaidh mi a ràdh gu'n do dhruidh an rud gu mòr air mo chridhe agus gu bheil mi 'g a leth-chreidsinn, ged a their mi uair eile rium fhéin nach 'eil ann ach gòraiche."

Bha an tuilleadh seanchais eatorra mu Chrìosd agus mu na daoine a thachair air ann an làithean fheòla, agus an uair a bha Stephen a' falbh thuirt e, "Mòran taing dhuit, a Mhartin, thug thu biadh do mo chorp agus comhfhurtachd do m'anam."

An ceann greis chunnaic Màrtainn boirionnach bochd air dhroch bhrògan agus air dhroch aodach a' stad aig an uinneig, agus leanabhl 'n a gairdeanan. Bha an leanabh a' caoineadh leis an fhuachd, agus a mhàthair a' cur a cùil anns a' ghaoith los fagadh a thoirt do'n phàisde. Anns a' mhionaid ghlaodh Màrtainn oirre, agus thug e steach i. Thug e biadh is blàths do'n chreutair bochd, agus an sin dh'innis i dha eachdraidh a beatha. Bu bhean saigdearaich cha robh i a' cluinntinn o'n duine no a' faotainn sgillinn bhuaith. Ghabh i cosnadh agus bha i ann an tigh-mòr a' còcaireachd, ach an uair a dh' fhas i trom air an leanabh cha ruigeadh iad leatha fuireach na b' fhaide. Bha i gun àite o chionn thrì mìosan, agus b' fheudar dhi na bha aice de'n t-saoghal a reic, a chumail na beatha innte fhéin agus anns a' phàisde.

Rùnaich Màrtainn thall 's a bhos; chruinnich e a h-uile stiall aodaich a bha anns an tigh agus thug e dhi e. Tharruing e a mach bocsa beag a bha fo'n leabaich anns an robh beagan airgid a chuir e mu seach, agus thug e pàirt dheth do'n truaghan. "Gu'm beannaicheadh Dia sibh, a dhuine chòir," ars' am boirionnach, is cinnteach gur h-e Crìosd féin, caraid nam pàisdean, a dh' iarr oirbh sealltuinn a mach air an uinneig agus tras a ghabhail do chreutair bochd mar tha mise.

An déidh dhi falbh chunnaic e peasan de bhalach ruadh a' toirt grad leum as, agus a' spionadh ubhal as a' bhasgaid aig té ris an abradh iad cailleach nan ùbhlán. Ach cha robh a' chailleach idir 'na cadal, agus chuir i a deich meòir 'n a cheann, is greim-bàis aice air fhalt air. Thòisich am balach air rànaich agus a' chailleach air trod. Leum Màrtainn anns an eadarginn agus dh' fheuch e ri sìth a dheanamh. "Thoir maitheanas dha," ars' esan ris a' chailleach, "air sgàth Chrìosd is geallaidh e nach

dean e a leithid gu bràth tuilleadh." "Maitheanas no maitheanas cha toir mise dha," ars' ise, "ach bheir mi a' bhiasd do'n mhaor." Ach lean Màrtainn air an dithis a chomhairleachadh, agus mu dheireadh, rinn e sìth eatorra. Thug Màrtainn ubhal do'n bhalach; thug e air cuideachd maitheanas iarraidh air a' chailleach, agus an sin leig e as e, ag ràdh ris, "na dean gu bràth tuilleadh e." "Na'n d' thug thu dha na thoill e," ars' a' chailleach, "an àite ubhal a thoirt da, cha deanadh e suidhe gu ceann seachduinn." "O bhrònag," arsa Màrtainn, "cha'n ann mar sin a tha Dià a' deanamb ort fhéin air son do pheacaidhean." Agus an sin dh'innis e dhith cosmhalachd an t-seirbhisich a fhuair suim mhòr air a mhaitheadh dha fhéin ach a rug air sgòrnan an fhir eile a bha rud beag 'n a eisiomail. Agus gus mo sgeul a ghiorrachadh cha do stad Màrtainn de bhruidhinn riu gus an do chuir e dhachaidh iad còmhla, agus am balach ruadh a' giùlan basgaid an cailleach.

An uair a dh' fhalbh iad chaidh an greusaich air ais gu ubhal, agus e ag ràdh ris fhéin gu robh feum aig a h-uile duine anns an t-saoghal air maitheanas agus aige fhéin na bu mhotha na aig duine air bith eile. Thug e tacan air brògan a chàradh, ach bha an rath-dorcha air tighinn gun fhios da, agus cha bu léir da an fhriobhag a bha air an éil a chur anns an toll. Mar sin shuidh e eadar dha sholus, a' meòmrachadh air nithean nach robh soilleir dha ann am facal Dhé. An ceann greis smuainich e gu robh an t-àm aige an crùisgein a lasadh, agus an uair a fhuair e solus, cha do leig e an car as a làimh tuilleadh gus an robh na brògan a bha e a' càradh ullamh. An sin chuir e air falbh an acain-ghreusachd, agus thug e làmh air a' Bhiobull, companach a bu dlùithe a bha aige air thalamh o'n a shiubhail a nhad. Bha e a' ciallachadh tòiseachadh air leughadh aig an àite far an do sguir e an raoir, ach dh' fhosgail an leabhar leis fhéin aig àite eile, agus b' e so na ceud bhriathran a thachair air, "Bha mi acrach agus thug sibh dhomh biadh; bha mi tartmhor agus thug sibh dhomh deoch; bha mi ann am choigreach agus thug sibh aoidheachd dhomh; lomnochd agus dh' éidich sibh mi, a mheid gu'n do rinn sibh e do aon de na bràithrean so agam-sa. rinn sibh dhomhsa e." An uair a bha Màrtainn a' leughadh nam briathran sin ar leis gu'n cual e guth anns an t-seòmar ag ràdh, "A Mhartin nach d' aithnich thu mi idir an uair a thàinig mi thugad an diugh?" An sin chuimhnich an greusaich air a bhruadar a chunnaic e an raoir, agus thuig e nach robh e air a mhealladh agus gu'n d' thàinig Crìosd 'ga ionasuidh. Mhol e ainm an Tighearna seachd uairean an oidheche sin m'an do chaidil e.



MAC A MHATHAR.

Air son an leinibh so rinn mi ùrnuigh; agus thug Iehobhah dhomh m' iarrtas a dh' iarr mi air: uime sin thug mise e mar an ceudna do Iehobhah: ré uile làithean a bheatha thugadh e do Iehobhah.—I. Samuel, i., 27, 28.

Tha an t-ainm Hanah no Anna a' ciallachadh maise no gràs, ach ged nach freagrach an t-ainm air a h-uile té, bha e anabarrach freagarrach do mhàthair Samuel, oir bha maise an Tighearna oirre féin agus air a teaghlach, agus bha gràs Dhé 'n a cridhe.

M'an do rugadh Samuel dh' fhuiling i cràdh anama fad bhliadhnachan oir bha i gun duine cloinne, ach chuir sin air a glùinean i agus thug e i na bu dlùithe ri Dia. As na dòimhneachdan ghlaodh i ri Dia: dh' éisd Iehobhah r'a guth, is thug e dhi riar a cridhe.

Eadhon 'n a bhalach bha cùram anama air Samuel, is coslas na diadhaidheachd air a' bheatha. Bha e 'n a ionracan a h-uile là riamh: bho 'òige bha e ann an deagh-ghean aig Dia agus aig daoine. An uair a rugadh e choisrig a mhàthair e do sheirbhis Dhé, agus b'e a dùrachd agus a h-ùrnuigh daonnan gu'm biodh e 'n a sheirbhiseach ann an teampull Dhé.

Dh' fhaodadh Samuel a ràdh m'a mhàthair mar a thuir Augustine m'a mhàthair féin, gu robh a h-ùrnuighean 'n an saighdean 'n a chridhe. Theab Augustine cridhe a mhàthair a bhriseadh leis cho amaideach 's a bha e eadar seachd bliadhna deug is deich bliadhna fichead. Bhiodh i a' guidhe air daoine eile bruidhinn ris is comhairle a thoirt air, agus am measg chàich ghuidh i air Easbuig àraidh ach am feuchadh e r'a sheachrana a dhearbhadh air a mac. Cha bu toigh leis an duine sin an dleasdanas a ghabhail os làimh, ach an uair a ghuidh 's a ghuidh i air le deòir thuir e rithe, "Imich a bhean ann an sìth, air sgàth t' atheuingean féin cha 'n fhaod do mhac a bhi air a chall." M'an d' fhàg Monica an saoghal chuunnaic i a mac air iompachadh, is bha i sona.

Ach cha do thuit Samuel riamh ann an droch shlighean; choimhead e na h-àitheantan o 'òige. Cha b' aithne dha 'n a bheatha féin a leithid de fhiosrachadh 's a b' aithne do Phol, agus do Augustine, agus do Iain Bunian, daoine a bha cogadh ri spiorad an Tighearna ann an tús an fòiseachaidh, agus a b' fheudar an intinn agus an coluadar atharrachadh an uair a chreid iad an soisgeul. Ach cha 'n e an aon dòigh a tha aig Dia air a h-uile duine a

thoirt a steach d'a rìoghachd; tha cuid a' dol a steach tràth, is cuid annoch; cuid ams a' mhaduinn, cuid air a' mheadhon-la, is cuid ams an fheasgar. Ach is e a' mhaduinn an t-àm is fearr; an uair a tha an cridhe òg agus a' choguis maoth, agus an fhuil blàth—sin an t-àm ceart ar seirbhis a thoirt do Dhia. Cha 'n 'eil ann an aithreachas-crìche ach a bhi cur sìl aig an Fheill-Martainn. B' urrainn do Iain Wesley imseadh an uair agus a' mhionaid ams an deachaidh iompachadh, "aig ceathramh roimh naoi 's a' mhaduinn air a' cheathramh là fichead de Mhai." Ach bha Samuel de àireamh nan daoine sona sin a tha fàs suas ann an rìoghachd Dhe bho làithean an leanabachd, agus aig nach 'eil cuimhne c' uin a thug iad an cridheachan an toiseach do Dhia.

Cia sona 'n ti do theagasg Dhé!

Bheir éisdeachd gach aon uair;

'S ri gliocas neimh, le mòran tlachd,

Philleas gu moch a chluas.

Glé bhitheauta tha e a' tachairt gu bheil daoine a bha peacach is ain-diadhaidh os cionn chàich 'n an òige, ach a bha air an iompachadh, anabarrach eudmhor air taobh an Tighearna, agus làidir is soilleir 'n an creideamh. Ach air a shon sin tha mi an dùil, na'm faigheadh màthraichean an roghainn, gu'm b' fheàrr leò an mic a bhi coltach ri Samuel seach a bhi coltach ri Augustine. Ach ma b' fheàrr leò sin, feumaidh iad ùine is cùram is dragh a ghabhail air am mic a thogail agus oileanachadh mar a thog Hanah a mac féin.

Ma dh' fheòraicheas màthair air bith ciamar a choisneas i a mic do Dhia bho 'n òige, so a their mise rithe, Bi thusa thu féin mar Hanah agus ni Dia do chlann mar Samuel. A mach o Dhia, dh' fhaodadh Samuel am buidheachas a thoirt d'a mhàthair uile gu léir gu robh e an ni a bha e.

I. Thog i e anns a' chreideamh gu'm bu tìodhlac o Dhia e. Fhuair Samuel am beachd sin o mhàthair agus chreid e e, ach cha b' urrainn i a thoirt airsan a chreidsinn mur biodh i 'g a chreidsinn i féin. Bha i sin, le a h-uile chridhe, a' creidsinn gu'n d' éisd Dia r'a h-ùrnuighean agus gu'n d' thug e dhi mac a chum gu'n oileanaicheadh i e air son seirbhis a thighe féin. Tha clann anabarrach gear gus a thuigsinn ciod a tha aig am pàrantan 's an amhare daibh, agus gaolach cuideachd air am pàrantan a thoilcachadh, agus mar sin bha iuntinn bheag a' bhalaich so air a cleachdadh riamh ris an smuain gu robh e air a shòn-rachadh a mach air son na ministreileachd, air

chor agus gu'n do naomhaich sin a chridhe agus a bheatha.

II. Chuir i e 'n a phàisde air chùram Eli los gu'm biodh e air a theagasg ann an eòlas na firinn gu coimhionta. A h-uile bliadhna bhiodh i féin a' dol suas gu Shiloh 'g a amharc, agus a thoirt da falluinn a rinn i dha. B' àbhaist do shearmonaiche ainmeil a bhì ag innseadh na naigheachd so m'a mhàthair féin. An uair a bha e 'n a bhalach cha robh e idir toigheach air dol do'n sgoil Shabaid, ach bheireadh i air làimh air agus cha dealaicheadh i ris gus an liubhradh i seachad e aig dorus na h-eaglais, ag ràdh anns an dealachadh, "Cha 'n urrainn mise do dheanamh diadhaidh, air neo dheanainn sin, ach cuiridh mi thu do'n àite anns an coltaiche gu'm faigh thu gràs." Sud boirionnach a bha riaghladh a teaglaich gu teann smachdail, ach cia meud athair no màthair a ghabhadh an dragh an diugh dol leth-mhìle le aon d'an cloinn 'g an liubhairt do'n sgoil Shàbaid. Tha e air fhàgail aig a chloinn a ràdh co dhiu a théid no nach téid iad do'n eaglais no do'n sgoil Shabaid, agus na pàrantan gun de sgoinn aca na smachdaicheas iad ma dhùltas iad. Cha bhitheanta le clann fulang a chionn nach 'eil gaol aig am pàrantan orra, ach is bitheanta leò fulang a chionn gu bheil am pàrantan gun sgoinn. Cha 'n e cion gaol is coireach gu bheil uiread cloinne a' fàs suas gun bhì air an teagasg gu ceart anns a' chreideamh Chrìosduidh, ach cion nach 'eil sgoinn no faighidinn aig am pàrantan, agus nach gabh iad ùine no cùram no dragh an teagasg mar bu chòir daibh.

III. Bha fhios aig Samuel o bha e 'n a leanabh gu robh cridhe a mhàthar suidhichte air e bhì 'n a shagart agus 'n a sheirbhiseach do Dhia, agus mar sin bha a ghaol 's a dhleasdanas d'a mhathair 'g a tharruing air an aon cheum r'a ghaol 's a dhleasdanas do Dhia. Cha 'n e mhàin gu'n tuig clann smuaintean am pàrantan an uair a bhruidhneas iad riu, ach tuigidh iad iad an uair nach bruidhinn iad idir; leughaidh iad smuaintean dìomhair an cridhe, agus is e na smuaintean sin an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as mò orra. Ged nach h-abradh a pàrantan facal ris is aithne do bhalach gu maith gu dé a bu mhò a bheireadh dhaibh briseadh-dùil d'a thaobh, no a bu mhò a chuireadh carraid orra; is léir dha an e a bu mhaith leo fhàicinn ann gleusdachd na marsantachd seach spiorad na diadhaidheachd. Ma chi e gu'm bu ghasda leo gu'n deanadh e airgid agus gu'm faigheadh e air thoiseach air balaich eile anns an t-saoghal, no ma chi e gu bheil am barrachd meas aca 'n an cridhe air gliocas na nathrach na tha aca air neo-lochdas a' ghalumain, cha ruig iad a' leas dùil a bhì aca gu'n toir e mòran aire do na comhairlean cràbhach a bhios iad a toirt dha, air sgàth an fhasain. Ma chi clann gu bheil am

pàrantan gun suim do'n eaglais no do dhiadhaidheachd, ach furachail a thaobh an t-saoghail agus malaairt an t-saoghail, tha e nàdurra dhaibh a shòilsinn nach 'eil e mar fhiahaibh orra rìoghachd Dhe iarraidh air tùs.

Bho chionn ghoirid bha mi a' seachas ri ministear eile mu theagasg na cloinne, agus bha esan de'n bheachd nach 'eil pàrantan comasach air an teaghlaichean a theagasg, agus thuir e gu'm biodh chùisan na b' fheàrr na'm fàgadh iad an dleasdanas sin uile gu leir aig na maighstirean-sgoile, daoine a tha air an ionnsachadh air teagasg. Bha e de'n bheachd gu bheil mòran de'n obair a tha air a deanamh anns na sgoilean-Sàbaid a cheart cho tuathal agus cho beag tairbhe ri teagasg nam pàrantan féin, agus cha leigeadh e a steach anna fear no té mur robh iad air an ionnsachadh air clann a theagasg. Ach cha d'aontaich mi leis an duine idir. Coltach ris a' chòrr de na daoine nach h-urrainn dol air each gun dol thairis air, bha mo charaid ag àrdachadh na h-achfuinn os cionn an duine a tha 'g a làimhseachadh. Sin mearachd as mò a chì mise an diugh ann an sgoilean na dùthcha, *salain* air a' cur os cionn an *duine*. Ach is mò an duine na ealain, agus is mò an spiorad beò na riaghailtean paipear. Cha chuir duine tùral air bith òrdugh is riaghailt is ealain an suarrachas; tha iad cho feumail ann an teagasg 's a tha iad ann an rud air bith eile, ach tha aon rud is mò agus is cumhachdaiche na iad uile, agus is e sin, *spiorad beò an duine a tha air an cùl*. An duine a b' fheàrr a chunnaic mi riamh a' seasamh ann an sgoil-Shàbaid ann measg cloinne, cha b'e maighstir-sgoile a bha ann ach clachair; theagamh gu'n abradh luchd na h-ealain nach b'aithne dha teagasg agus nach robh na dòighean a bha aige ceart. Ach mur robh, mo thogair; bu bheag an call sin; bha e 'n a dhuine gaolach agus 'n a dhuine iriosal, agus cha do shuidh balach riamh làimh ris nach do mhothaich rud beag air choreigin de mhaise na diadhaidheachd, agus nach d' fhairich gur e eagal an Tighearna tùs a' ghliocais. Mur fairich clann sin, agus mur fairich iad gur h-e firinn is ceartas is irioslachd is coibhneas is gràdh na nithean as ionmhiannaichte anns an t-saoghal, cha 'n 'eil an teagasg a' deanamh maith air bith dhaibh. Cha 'n e daoine a dhinneas cinn na cloinne le fiosrachadh mu'n t-sionagog no mu Ghehazi a tha dhùth oirm anns an sgoil Shàbaid ach daoine air a bheil eagal an Tighearna iad féin, agus aig a bheil dian iarrtus air a' chloinn a thàladh gu Chrìosd agus gu seirbhis a rìoghachd; daoine a tha iad féin cho Crìosdail 'n an cainnt is 'n an caitheamh-beatha 's gu'n cuir iad blas maith air an diadhaidheachd do'n chloinn. Gheibhear an seòrsa sin cho bitheanta ann an àitean eile 's a gheibhear iad am measg 'n am maighstirean-sgoile.

Sin an teagasg tarbhach, an fhaireachduinn so a dhùsgadh ann an cridheachan na cloinne, gu bheil thu a' smuaineachadh air cor an anama a cheart cho mhaith 's a tha thu a' smuaineachadh air an aodach, no air am brògan, no air an aran làthail a chosnadh. B' fheàrr dhuit fada cian ùrnuigh ghagach a dheanamh maille ri d' chloinn seach gu'n rachadh aon là seachad gun maithreas Dhé a bhi air aideachadh leat agus gun a bheannachd a bhi air iarraidh. Ma thug Dia clann duit thug e dhuit a' bheannachd as prìseile as urrainn e a thoirt do chàraid phosda, ach cuimhnich gur h-e do dhleasdanas an togail agus an teagasg air son a sheirbhis féin. Cuimhnich air Hanah, agus dean thusa mar an ceudna, agus theagamh gu'm bi Samuel agad ann ad theaghlach.

ANNS A CHATHAIR.

An cual thu riamh, a leughadair, ciod a thuir am balach beag ris a mhinistear a dh' fharraid dheth c' ar son a bha an salmadair cho gaolach air a bhi 'n a dhorsair ann an tigh Dhe? "Bha," ars' esan, "a chionn gu'm faodadh e dol a mach an uair a thòisicheadh an searmon."

Tha an searmon air uairean 'n a sgìths do'n fheòil do dhaoine mòra cho mhaith ri daoine beaga, ach air a shon sin cha 'n ann 'ga chur sìos ach 'g a chur suas a tha mise an dràs. Ma bha dùil agad, a leughadair, gu robh mi a' dol a thoirt greis air càineadh shearmon is shearmonaichean tha thu fada fada air do mhealladh, oir tha mise a' creidsinn nach 'eil rud eile ann a tha cho cumhachdach ann an obair an Tighearna ri searmonachadh an Fhacail. Ma bu mhaith leat, mata, an searmon a bhi air isleachadh ann an seirbhis na h-eaglais cha ruig thu leas do ghearan a dheanamh rium-sa oir bu mhaith leam-sa e bhi air àrdachadh na's mò na tha e. Tha seòrsa dhaoine ann agus is e na t-aon leigheas a tha aca air creuchdan na h-eaglais agus an t-saoghail, searmoin a bhi air an giorrachadh agus air an deanamh iollagach is aotrum. Ach freagraidh searmoin chutach air cinn aotrum; mur bheil rioghachd Dhé a' soirbheachadh ann an Albainn an diugh cha 'n e fad no cudthrom na searmon is coireach.

An dràs 's a rithist tha Dia ag ath-bheòthachadh 'oibre am measg nam bliadh-nachan, agus a h-uile uair a thachras sin tha an t-ath-bheòthachadh a' tòisicheadh le searmonachadh neach air chor-eigin anns a bheil cumhachd na diadhaidheachd; Elijah, no Amos, no Eoin a' Bhaistidh, no Pol, no Wesley, no Moody. Tha searmonachadh agus beatha spioradail na h-eaglais ag éirigh 's a' tuiteam còmhla; an uair nach 'eil blas no beatha anns an t-searmonachadh tha bliadh-nachan na caoile

air teachd is tha marbhantachd a' bhàis a' tuiteam air an eaglais.

Tha mi an dùil gur h-e àm a bu duirche ann an eachdraidh na h-eaglais bho 'n ochdamh linn gu àm an Ath-leasachaidh, liumtean anns nach robh guth an t-searmonaiche r'a chluinntinn; no ma bha, cha robh ann ach mar gu'm biodh ciombal a' gliongarsaich. Bha am pobull dall anns na làithean sin; agus an uair a tha am pobull dall ni an gille cam ministear. Leig na sagartan dhiubh a bhi searmonachadh; a dh'innseadh na firinn bha gu leòir dhiubh cho aineolach 's nach b'urraim daibh searmon a dheanamh. Cha b' fheàrr na sin teagasg nam feadhnach a bha feuchainn ri ùmhachd a thoirt do riaghailt na h-eaglais agus a' searmonachadh. Ciod air bith an ceann-teagaisg a ghabhadh iad thigeadh iad air an ais gus an t-seann ni, naigheachdan faoin mu'n naomh ud no mu'n naomh ud eile, tomh-seachain a bhiodh e a' cur, dubh-fhacail a bhiodh e ag ràdh, mìorbhuilean a rinn e, còmhragan a bha aige ris an diabhol, sgeulachdan mu'n éifeachd a bha 'n a chnàmhan, no 'n a ùrnuighean leis an d' thug e mìle no theagamh deich mìle duine a mach a purgatair. Sin an treathlaich a bhiodh iad a' toirt do dhaoine an àite facal an Tighearna. An uair a dh'fheuchadh iad ris a' Bhiobull a mhineachadh bha iad a' cunntas gur h-e am fear-mineachaidh a b' fheàrr am fear a bu mhotha a bheireadh as de nithean nach robh ann idir. Am fear a dhearbhadh gu robh an rann a bha e a' mìnachadh a' ciallachadh fichead rud a bha eu-coltach r'a chéile—sin am fear a bha air a mheas cumhachdach anns na sgrìobturann. Ciod a bha ann an sin uile ach an daor pheasanachd; cha 'n e searmonachadh de'n t-seòrsa sin a bheathaicheas an t-anam, no ni daoine coimhlionta ann an eòlas na firinn.

Ach aig àm an Ath-leasachaidh dh' éirich searmonachadh an Fhacail as an t-slochd anns an do thuit e. B'e an t-aobhar air sin gu robh na Sgrìobturann air an àrdachadh as ùr mar an aon riaghailt a thug Dia dhuinn 'g ar seòladh cionnus a ghlòraicheamaid e. Cha 'n e mhàin gu robh am Biobull air a thoirt air ais do na cùbaidean, ach bha e air eadar-theangachadh agus air a chur ann an làmhnan an t-sluaigh 'n an cainnt féin. Agus mar is fheàrr is aithne do'n t-sluaigh am Biobull is ann daonna is motha cumhachd an Fhacail anns a' chùbaid. Cùm thusa, a leughadair, do shùilean fosgailte agus chi thu gu bheil so fìor; mar is lugha a tha de'n Bhiobull ann an inntinnean coimhthionail is ann is duiliche a tha e an cridheachan a ghluasad. Rud eile a chuir beatha ann an searmonachadh nan daoine a rinn an t-Ath-leasachadh, gu robh fiosrachadh pearsanta aca air na nithean a bha iad a' searmonachadh; bha iad féin air an teagasg leis an Spiorad Naomh m'an do thòisich iad air teagasg an

t-sluaigh. Cha b' iongnadh ged a dh' éisd a' mhòr-chuideachd ri Luther le tlachd, oir bha a theachdaireachd mar àileadh beatha do shaoghal marbh. Ghairm e air an t-sluaigh na slàbhraidhean leis an robh iad air an ceangal le saobh-chràbhadh a thilgeadh dhiubh, agus seasamh anns an t-solas agus ann an saorsa ghlòrmhor cloinne Dhé. Bha gach tàlant aig Luther a tha dhith air searmonaiche maith, fiosrachadh pearsanta 'n a anam féin air an t-saorsa agus an t-solas a tha ann an Crìosd, eòlas farsuing is cainnt shimplidh, bodhig làidir is eud an t-soisgeulaiche. Bha Zwingli na b' fhileanta agus na bu mhilse 'n a chaint na bha Luther; bha Calvin 'n a sgoilear a b' fheàrr agus 'n a fhear-mineachadh a b' fheàrr air a' Bhiobull, ach ghluaiseadh Luther coinneamh mhòr is cridheachan dhaoine mar nach b' urrainn do 'n dithis eile a dheanamh. Dh' fhaodadh tu a ràdh uime mar a thuir an Sasunnach mu Iain Nocs ri bànrigh Ealasaid, "gu'n cuireadh guth an duine ud ann an nàir an uaireadair barrachd beatha ann an daoine na ged a bhiodh còig ceud trompaid a' séideadh 'n an cluasan."

Bha aon fhasan aig Luther is ro thoigh lean, an uair a bhiodh e dol a shearmonachadh thaghadh e mar chinn-teagaisg fìrinnean mòra an t-soisgeil, rannan a bheireadh beatha d'a luchd-éisdeachd ged nach abradh e dad umpa idir, ach an leughadh 'n an éisdeachd. Coma lean na daoine a bhios a' gabhail cinn-teagaisg neònach, no cinn-teagaisg bheag shuarrach, agus a dh' fheuchas ri rud a thoirt asda nach 'eil anna idir, mar gu faiceadh tu fear-cluiche a' toirt uibhean is seilcheagan as a phòca, no sròl fada ribinnean no canbhe as a chorp. An uair a sheallas mi air na paipearan-naigheachd Di-sathuirne agus a chi mi ciod a tha maithean na b-eaglais anns na bailtean mòra a' dol a shearmonachadh air an màireach, bidh gu tric feaig is nàire orm a bhi faicinn gu bheil uiread dhiubh a' cur seachad ùine anns a' chùbaid air seamsan is baothaireachd gum fhiù; a' labhairt mu bhàird agus mu bhuidhsichean an àite a bhi labhairt mu Phòl agus mu Chrìosd; a' cur giogailteach ann an imfhinnean dhaoine an àite a bhi beathachadh an anamanna agus 'g an daingeachadh anns a' chreideamh.

Tha e air a ràdh gu bheil eagal air ministearan òga an diugh an gnùis a shuidheachadh air na cinn-teagaisg mhòr is bhrioghmhor air an biodh na h-aithrichean a' searmonachadh, na sgrìobturann sin a tha buntainn ri nàdur is rùintean Dhé, anam an duine, tuitean an anama tre pheacadh, Crìosd is crann-ceusaidh Chrìosd, siorruidheachd is breitheanas. Cha 'n 'eil m' fhiosrachadh féin mòr no farsuing, ach cho fhad agus a tha m' fhiosrachadh a' dol, feumaidh mi a ràdh gu'n cuala mi barrachd de

sheann mhinistearan a' peasanachd is an Fhìrinn air an dòigh so na chuala mi riamh de mhinistearan òga. Rud gle neònach, is ann ann an Eaglais Ard Dhuinédinn a chuala mi na trì searmoin a bu mhiosa a chuala mi riamh, searmoin gun seadh, agus sin air an toirt seachad le pearsachan eaglais a tha 'n an suidhe ann an caithrichean àrda. Leugh fear dhiubh na briathran maiseach ud anns an litir a chum nan Eabhruidheach, "Tha sibh air teachd gu sliabh Shìoin, agus gu caithir an Dé bheò, an Ierusalem nèamhaidh agus euideachd do-àireamh de ainglean, gu làn-choimhthional agus eaglais nan ceud-ghin, a tha sgrìobhta anns na nèamhan, agus gu Dia breitheamh nan uile, agus gu spioradan nam firean air an deanamh foirfe," ach an àite cumail ri facal Dhé dh' fhalbh e agus gheàrr e às a' chuid a bha freagairt air féin (ged nach robh e freagarach idir na'n robh smod tìur ann) is ghlaodh e gu'm b'e an ceann-teagaisg air an searmonaicheadh e, "*Ye are come to the General Assembly.*" Sin agad an rud ris an abair mise umpaidheachd spioradail, cladhaireachd nach b' urrainn eadhon umpaidh a dheanamh na'n robh e a' searmonachadh ann an Gàidhlig. Ghabh fear eile dhiubh mar cheann-teagaisg na briathran ud ann an Gnìomharan nan Abstol, "Agus bha gàirdeachas mòr anns a' bhaile sin" (gàirdeachas ann am baile Shamaria gu'n d' fhuair iad an soisgeul), ach ann an dà mhìonaid bha e air falbh gu seanchas eile mu thuarasdal mhinistearan anns na sgìreachdan beaga, agus cha d' fhàg e sin gus an do sguir e. B'e an ceann-teagaisg a ghabh an treasa fear de na h-aithrichean na briathran so ann an leabhar nan salm, "Cuairtichibh Sìon agus rachaibh m'a timchioll; àirmhibh a tìur, thugaibh an aire d'a balla làidir"; leis an ath anail thuirt e nach robh teagamh air bith nach b'e Creud nan Abstol balla làidir Shìoin, agus an sin mhùiche e dhuinn gu fada, agus gu mionaideach gach puing anns a' chreud sin, gun an còrr Ìomraidh a dheanamh air an t-salm no air na nithean a bha an Salmadair a' ciallachadh.

Cha bu chòir do shearmonaiche air bith, òg no sean, eagal a bhi air labhairt r'a choimhthional mu na cinn-teagaisg mhòra anns a bheil fìrinnean sòluimte an t-soisgeil air. an tasgadh, oir is e na fìrinnean sin iad féin a dhruidheas air cridheachan dhaoine agus cha 'n e an dòigh anns a bheil iad air an làimhseachadh. B' fheàrr lean ceann-teagaisg bhrioghmhor soisgeulach a làimhseachadh gu h-anfhan seach ceann-teagaisg gun sìgh gun soisgeul a làimhseachadh gu h-ealanta. Air cho ealanta is fileanta 's 'g an làimhsich duine cuspair beag is suarrach anns a' chùbaid cha 'n 'eil ann ach peasanachd is ruagadh na gaoithe.



MAOIS FO CHRAOIBH AITEIL.

Cha'n urrainn mise an sluagh so uile a ghiùlan a'nì aonar a chionn gu bheil e ro throm air mo shon. Agus na bhuineas tu rium mar so, marbh mi, guidheam ort, as an làimh, ma fhuair mi deagh-ghean a'd' shealladh; agus na faicem mo thruaighe.—Aircamh xi., 14, 15.

An uair a labhair Maois na briathran sin bha e air a shàrachadh le cloinn Israeil; bha e air a chur thuige cho mòr 's gu'n do chaill e fhaighidinn. Cha robh iongnadh ann, oir bha clann Israeil 'n an daoine cho danarra 's gu'n do chaill Dia féin fhaighidinn riu. Air an turus troimh 'n fhàsach bha iad a' gearan gun sgar, agus a' gearan gu sònruichte air am biadh. Tha gu leòir de dhaoine anns an t-saoghal a tha deanamh dia d' am brù, daoine d'am bheil e 'n a ro-chùram ciod a dh' itheas iad, a dh' aindeoin gur mò a' bheatha na 'm biadh. Aig àm a' chogaidh cha robh rud eile ann a chuireadh na saighdearan air mì-shoad is mì-dhealbh cho luath ri droch bhiadh; daoine a rachadh troimh theine is uisge gun ghearan, ghearaineadh iad gu goirt mur robh am biadh a réir an miann. Ach cha robh na saighdearan 'n an ònrachd; bha an còrr de shluagh na rìoghachd a cheart cho usaideach riu. Mar bu tinne na riaghailtean mu chaomhnadh a' bhìdh, agus mar bu duiliche dhaibh siùcar no uisge-beatha fhaotainn, is ann a bu mhò a bha e a' drùidheadh orra gu'm b' uamhasach an rud cogadh. Chuireadh cion an t-siùcair gu smuaineachadh iad mar nach cuireadh bàs nan daoine, is dheanadh iad caoidh is ochanaich mu ghainne an uisge-beatha nach deanadh iad mu na daoine a bha air an leòn. Cha bu rud cliùteach do'n dùthaich gu robh so fìor, ach air a shon sin bha e fìor.

Bu bheag aig Maois gu 'm b' fheadar dha saothair is cruadal fhulang air sgàth Israeil, ach an uair a thòisich iad air gearan agus air iarraidh tilleadh air an ais a dh' ionnsuidh nam poitean-feòla, bhuail amharus e nach bu daoine iad a b' fhiach cruadal fhulang air an son. Bha fearg is nàire air a bhi faicinn dhaoine mòra làidir a' caoineadh a chionn nach robh am mana a' còrdadh riu, agus ag iarraidh dol air an ais do'n Eiphit air ghaol an cuirp a lìonadh le uinneainean is cularan is léicis. Chaill e fhaighidinn is thuirt e ri Dia nach b' urrainn da giùlan leò na b' fhaide. Ach air a shon sin, cha do rinn Maois an rud a mhaoidh e gu'n deanadh e, agus ann an ùine ghoirid dhì-

chuireadh e ceannairc an t-sluaigh agus bha e cho dileas agus cho dìchiollach air an ceann 's a bha e riamh.

Glé bhitheanta tha e tachairt nach fhaigh daoine a tha a' deanamh seirbhis d' an dùthaich agus d' an co-chreutairean uiread is taing; an àite taing gheibh iad càineadh is mì-run is buaireadh spioraid, agus mur biodh aca anns an t-sealladh ach an cùisean féin cha bhiodh iad aig an dragh leantainn orra. Ach tha feum aig an t-saoghal air daoine a tha caoin-shuarach co dhiu a gheibh no nach fhaigh iad taing, is caoin-shuarach ciod a theirear umpa, co dhiu a chàinear no mholar iad, agus a leuas orra air oibreachadh as leth an co-chreutairean gun ghruaim gun ghearan, a chionn gu bheil an coguis féin ag iarraidh orra sin a dheanamh.

Thuirt Maois ri Dia gu robh tuilleadh 's a chòir air a ghuaillean agus bha sin ann an tomhas fìor, oir bha uallaichean dhaoine eile aige ri ghiùlan cho mhaith r'a uallach féin. Ach ged is iongantach an rud e r'a ràdh, tha e na's fhasa do dhaoine an callach féin a ghiùlan an uair a tha iad a' giùlan uallaichean dhaoine eile cuideachd. An uair a chaill Iain Bright a bhean chaidh a charaid Richard Cobden 'g a amharc. Bha Bright gu tìrsach deurach, 'n a shuidhe ann an seòmar dorcha, agus e ag ràdh ris féin mar thuirt Rebecca ri Isaac, "Ciod am maith a ni mo bheatha dhomh tuilleadh?" "Na labhair mar sin," arsa Cobden, "tha mìltean de mhnathan is de chloinn ann an Sasunn a' bàsachadh leis an acras a chionn gu bheil am biadh daor, agus tiormaich thusa do dheòir agus thig a mach leam-sa, agus bòidichidh sinn nach gabh sinn fois gus an atharraich sinn an lagh a tha a' deanamh an t-sil daor." Sin mar a bha, agus an déidh làimhe bhiodh Bright ag ràdh gu'n d' fhuair e aotrumachadh air a thròblaid féin le bhi smuaineachadh air cùisean dhaoine eile.

Theagamh gu robh Maois car gaolach cuid-eachd air nithean a ghleidheadh 'n a làimh féin a dh' fhaodadh e maith gu leòir earbsadh ri daoine eile. Tha cuid de dhaoine ann agus tha iad an dùil nach bi dad ceart mur bheil an làmh féin ann. Tha iad daonnan 'n an driop, agus cha ghabh iad fois, a chionn gu bheil iad a' saòilsinn nach 'eil neach eile ann is urrainn an àite a ghabhail. B' ann de'n t-seòrsa dhaoine sin Kitchener nach maireann; their a chàirdean riut gur h-e an fhàilling a bu mhò ann, nach ruigeadh e le duine ach e féin a làmh a chur air an stiùir. Theagamh gu robh rud beag de'n cheart fhàilling sin ann am

Maois, agus gu'm b'e sin an t-aobhar gu'n d'iarr Dia air deich agus tri fichead seanair a thaghadh a chum gu'n cuidicheadh iad leis ann an riaghladh an t-sluaigh. Sin an fhreagairt a thug Dia d'a ùrnuigh agus d'a ghearan an uair a thuir e gu robh an sluagh ro throm air a shon, agus a ghuidh e gu'm faigheadh e bàs.

Tha mòran dhaoine ann a tha 'g an sàrachadh féin a chionn gu bheil iad an dùil nach rachadh cùisean air an aghaidh as an eugmhais. Ach is e mearachd mhòr a tha ann an sin; rachadh obair an t-saoghail air a h-aghaidh ged nach biodh iad ann idir. Cha'n 'eil ann ach cion-mothachaidh do dhuine a bhi saoilinn nach 'eil daoine eile cho eudmhor ris féin ann an seirbhis an Tighearna. Ma tha cuideachadh a dhith ort ann an obair mhaith air bith, cha'n 'eil agad ach sin innseadh do dhaoine agus faodaidh tu a bhi cinnteach gu'm bi na ficheadan toileach is taingeil air son cothrom fhaotainn air dol an sàs innte còmhla riut.

Bha na seanairean ud ann an Israel glé thaingeil an uair a fhuair iad cuireadh gu dol a chuideachadh le Maois, ach mur robh esan an toiseach air son làmh eile a bhi air an stiùir ach a làmh féin cha b' fhada gus am faca e gu robh Dia ceart agus e féin ceàrr, agus ghabh e riutha gu toileach. Cha bu duine Maois anns an robh droch amharus no iadach. An uair a dh'iarr Iosua air bacadh a chuir air dithis de na seanairean a thòisich air fàidheadaireachd 's a' champ, Eldad agus Medad, thuir e ris nach cuireadh; "is e mo ghuidhe ri Dia," ars' esan, "gu'm biodh sluagh Iehobhah uile 'n am fàidhean agus gu'n cuireadh Iehobhah a spiorad orra." Bha eagal air Iosua gu'n rachadh Maois an lughad na 'n rachadh an dithis eile am meud, agus mar sin bu mhaith leis gu'n ùghdarras air bith a thoirt daibh aig eagal gu'n lughdaicheadh sin ùghdarras Mhaois. Ach cha robh Maois féin cho cumhann ri Iosua; cha b' e a ghlòir féin a bha anns an t-sealladh aige ach glòir Dhé, agus b' fheàrr leis Israel fhaicinn a' soirbheachadh seach cliù fhaotainn dha féin.

Bha aon fhasan aig Maois a bhiodh e maith do dhaoine a leantuinn an diugh; an uair a thachradh duileadas air bith air, no bhiodh an t-slighe dorcha dha rachadh e gu Dia ann an ùrnuigh agus sgaoileadh e an rud 'n a làthair. Cha cheileadh e dad air Dia, agus ann am fosgladh a chridhe ri Dia, bha e a' faotainn comhfhurtachd is comhairle is neart.

Gu bitheanta bha Maois air a ghoirteachadh le neo-thaingéalachd an t-sluaigh; a dh'aindeoin na rinn e air an son ghabhadh iad saobhneas air son rud glé fhaoin, agus dheanadh iad ceannaire 'n a aghaidh. Ach aig na h-amannan sin bhiodh Dia a' fosgladh a shùilean a chum gu'm faiceadh e gu robh

aobhar-ghearrain aige-san an aghaidh Israeil na bu mhotha na bha aig Maois. Ma bha Israel neo-dhleasdanach agus neo-dhileas do Mhaois bha iad fichead uair na bu neo-dhleasdanaiche do Dhia; an uair a chuimhnicheadh Maois air a sin bha e mar gu'm b' eadh air a thoirt a steach gu co-chomunn a bhi aige ri fulangas an Tighearna, agus bha leòn a chridhe féin air a leigheas.

Air uairean bhiodh Maois a' bruidhinn mar gu'm b' ann air a ghuailllean féin a bha an cudthrom uile gu leir, agus mar nach robh cùram aig Dia do Israel idir. Sin mearachd eile a chithear gu tric ann an daoine maith a tha eudmhor is dichiollach ann an obair an Tighearna; bidh iad a' saoilinn gur h-ann riu féin a tha an obair an crochadh uile gu léir, gun iomradh aca air Dia. Ach cha b' ann de 'n t-seòrsa sin Luther; aig àm an Ath-leasachaidh bhiodh esan ag ùrnuigh gun stad agus ag ràdh ri Dia, "A Tighearna, cha'n ann dòmhsa a bhuineas an obair so ach dhuit-sa; cuir thusa mach do neart agus do chumhachd, oir mur soirbhich an obair so cha'n ann do Mhàrtainn Luther a bhios an call ach dhuit-sa."

Cha'n 'eil Dia a' cur a mach a sheirbhisich air an cosdas féin, oir is le Iehobhah an cath, agus tha e a' dol a mach maille riu agus a' fantuinn maille riu gu bràth. Cha bu chòir do shluagh an Tighearna ro-chùram a bhi orra a thaobh soirbheachadh na h-oibre a tha iad a' deanamh air a shon; faodaidh iad an cùram sin a thilgeil air Dia, oir seallaidh Dia as déidh aobhair féin. Cha'n 'eil esan air cho beag cumhachd 's gu'n teid an cath 'n a aghaidh ged a thionndadh an neach ud no an neach ud eile air an ais. Tha mìle dòigh aig Dia air a ruintean a choimh-lionadh, air chor agus nach 'eil teachd a rìoghachd air thalamh an crochadh ri Maois no ri Pol no ri duine aig am bheil 'anail 'n a chuinneanan. Tha facal Dhe cho fìor an diugh 's a bha e an uair a thuir Iehobhah ri Serubabel, 'Cha'n ann le neart no le cumhachd, ach le mo spiorad-sa." Ged a bu mhaith an commandair Maois cha b' e Maois ach Dia a thug clann Israel a steach do thìr a' gheallaidh.

ANNS A CHATHAIR.

Anns an àireamh mu dheireadh bha mi a' bruidhinn mu shearmonachadh agus mu shearmonaichean, ach theirig an duilleag orm ma'n robh mi idir ullamh de mo sheanachas, agus mar sin leanaidh mi orm agus tòisichidh mi as ùr far an do stad mi.

Cha'n 'eil ann ach aon seòrsa searmoin ris an abrainn searmon maith, an seòrsa anns a

bheil beatha is buannachd anama do 'n luchd-éisdeachd. An uair a théid ministear a steach do 'n chùbaid cha 'n e urram no onoir dha féin a bu chòir a bhi 's an amharc aige ach glòir an Tighearna. Cha 'n 'eil duine air an t-saoghal d'a bheil e cho feumail 's a tha e do shearmonaiche gu'n abradh e mar thuirt Pol, "Leam-sa is ni beag e gu'n tugadh breith orm leibh-se; is e an Tighearn a bheir breith orm." Tha an searmon ceart a' tighinn a mach as a' chridhe cho cinnteach agus a tha e a' tighinn a mach as a' bheul, agus mar a ghairmeas doimhne air dhoimhne labraidh an rud a thig o'n chridhe ri chridheachan eile.

A thaobh na h-ùine a bu chòir do mhinistear leantail air searmonachadh cha 'n urrainnear riaghailtean teann a dheanamh, ach tha dà rud a tha fìor co dhiu, (1) nach toigh leis a' mhòr-chuideachd searmoin fhada, agus (2) nach d'fhàs duine riamh ainmeil mar shearmonaiche le searmoin ghoirid. Faodaidh searmon nach mair ach deich mionaidean a bhi cian ro fhada, agus fear a mhaireas dà fhichead mionaid a bhi ro ghoirid; cho fhad agus a chumas searmonaiche aire dhaoine leanadh e air, ach ma chailleas e an aire mar is luaithe a sguireas e is ann is fheàrr.

Is maith an comharradh e air searmonaiche, gur h-aithne dha sgur. "A bheil am ministear ullamh fhathast," arsa cuid-eigin ris a' bheadal. "Tha e ullamh o chionn fhada," ars' am beadall, *ach ma tha, cha sguir e.*" Gu fìrinneach tha e 'n a sgrìth do 'n fheòil a bhi ag éisdeachd ri duine aig nach 'eil dad r'a ràdh, ach a leanas air, a' dranndanaich mar gu'm biodh seillean, ann an dòchas gu'n tachair fìur air anns am faigh e mìr meala. Glé bhitheanta is e an leisg as màthair-aobhair do'n ghleogair-eachd sin; chuir an duine sé làithean na seachduinn seachad ann an dìomhanas, no ann am faoineas, agus an sin thàinig an t-Sàbaid agus gun dad aige air ullachadh air a son. Theagamh (ma's duine cràbhach e) gu'm feuch e ri chur mar fhìachaibh air féin gu'n toir an Spiorad Naomh beul is gliocas dha, ach cha dean an Spiorad Naomh dad de'n t-seòrsa. Cuidichidh an Spiorad Naomh le daoine iriosal is dichìollach a tha dileas 'n an obair agus a chleachdas na buadhan nàdurra a thug Dia dhaibh, ach cha chuidich an Spiorad Naomh leis an leisgear.

Cha 'n e cion comais no cion thàlant as aobhar do chuid mhòr de'n t-searmonachadh bhochd a chluinnear air feadh na dùthcha ach cion coguis; cha 'n 'eil mòran mhinistearan a' toirt uiread d'an ùine no d'an saothair 's a bu chòir daibh do obair na Sàbaid. Cha bu chall do'n eaglais agus do aobhar an Tighearn ann an Albainn na'n tugadh aodhairean an t-sluaigh géill do'n fhacal ud anns a' Bhiobull a tha ag

ràdh nach 'eil tlachd aig Dia ann an casan duine. Coma leam ministearan a bhios ag obair gun stad le 'n casan ach nach dean dad le 'n cinn, a chosgas am brògan ach nach cosg an eanchainn ann an seirbhis Dhé; ministearan a bhios a' trotan o dhorus gu dorus fad finn foinneach na seachduinn, aig uairean freagarrach is uairean neo-freagarrach, agus aig nach bi ach moll is smodan r'a thairgsinn d'an coimhthional an uair a thig an t-Sàbaid. Cha toir iad smuain air an t-searmon gu anmoch oidhche Di-sathuirne, no theagamh màduinn na Sàbaid, ach bithidh a bhuil 's a bhlàth. Cha 'n fhaigh an slugh ach am brochan tana.

Ach na saoil thusa, a leughadair, gu bheil mise coma ged nach biodh ministearan a' tadhall air na teaghlachan a tha anns na sgìreachdan aca. Cha 'n 'eil idir, oir is e sin trian d'an obair agus d'an dleasdanas, trian cuideachd de thoilintinn am beatha. Cha bu mhaith leam gu'm biodh dearnad air a dheanamh leam féin no le ministear air bith eile air a' chuid sin d'ar n-obair, ach aig a' cheart àm tha mi cinnteach nach buannachd e do choimhthional air bith am ministear a bhi a' cur seachad ùine ag òl tea agus ag innseadh naigheachd air feadh na sgìreachd an àite a bhi 'n a shuidhe am measg a leabhraichean, a' meòmhrachadh 's ag ionnsachadh, a' leughadh s' a' sgrìobhadh, a' toirt a mach as 'ionmhas nithe nuadh agus sean, agus a' cur a smuaintean agus a theachdaireachd an òrdugh chum faotainn gu inntinn is cridhe is coguis an t-sluaigh air an t-Sàbaid. Coma leam dòighean na postaireachd ann an obair 'n a ministrealachd; buailidh am posta aig dà fichead dorus anns an aon mhaduinn, molaidh e an là dhuit. ach m'an gann a fhreagas tu, tha e air falbh. Ciod a tha ann an sin do mhinistearan ach obair gun tairbhe! Ged ghnogadh duine aig fichead dorus a h-uile latha, agus ged chosgadh e paidhir bhròg 's an ràidhe le déineas a shiubhail o thigh gu tigh cha 'n 'eil ann ach ministear bochd, mur bheil tur is eud is beatha 'n a shearmonachadh.

Is e rud glé neònach a tha ann, ach saoilidh a' mhòr-chuideachd de'n t-sluaigh gur h-e am ministear as dichìollaiche am fear as trice a chithear air an rathad, agus gur h-e an leisg a tha 'g a chumail a stigh mur faicear a mach e. Theagamh gu'm faod so air uairean a bhi fìor, ach glé bhitheanta tha e fada fada ceàrr. M' an abrainn dad ann am fàbhar an fhair a bhios tric air an rathad bu mhaith leam fhios a bhi agam gu dé a thug a mach e; co dhiu a tha e a' spaisdearachd air son a thoil-inntinn féin, no a' ruith air falbh gu coinneamh ann an Dun-éideann, no a' dol a sheanchas ri duine an sid 's an so mu phrisean dhamh is mhuc, no a' dol a ghoileamas ri bean Eachuinn mu bhean Eoghain.

Agus m' an abrainn dad an aghaidh an fhir a dh' fhan a stìgh bu mhaith leam fhaotainn a mach gu dé a chùim aig an tigh e, co dhìu a bha e 'n a chadal no bha e a' saothrachadh fad an là aig obair is goirte na obair làimhe.

A réir m' fhiosrachaidh féin, is e na ministearan anns nach 'eil boinne de'n leisg a chumas gu dlùth ri sàmhchair an seòmair féin far nach bi iad uair air bith 'n an tàmh ach daonnan 'g an uidheamachadh féin air son obair shòluimte is chudthromach na cùbaid, agus na 'n robh fhios aig coimhthionnailean gu dé a tha maith dhaibh cha mholadh agus cha bheannaicheadh iad am fear a tha air an rathad gun sgar, agus a' leantainn fasan nam postachan. Theagamh nach h-aontaich thusa leam, a leughadair, agus theagamh nach h-aontaich mòran de na ministearan féin leam na's mò, ach theirinn (agus tha mi a' tomhas mo bhriathran) nach h-uilear do mhinistear is fhiach éisdeachd ris còig uairean a chur seachad am measg a leabhraichean a h-uile là, agus an còrr ma ghabhas e deanamh da. Coma leam ministearan nach seall air leabhar, agus nach ionnsaich dad tuilleadh aon uair 's gu'm fàg iad an t-Oilthigh. Faodaidh am ministear nach cuir seachad ach fìor bheagan d'a ùine am measg a leabhraichean ach a bhios a' ruith air a chasan o mhoch gu dubh, faodaidh e bhith tlachdmhor gu leòir r'a chluinntinn, mur cluinn thu e ach an dràs 's a rithist; ach creid thusa mise gu'm fàsadh tu sgìth dheth na'm biodh agad ri suidhe foidhe a h-uile Sàbaid d' ad bheatha. Cleas nam piobairean aig nach 'eil ach aon phort, tha ministearan ann aig nach 'eil ach aon searmon. Sin an seòrsa ris an abrainn nach 'eil tlachd aig Dia 'n an casan.

Is e crìoch àraidh ar searmonachaidh uile gu léir aithreachas a dhùsgadh ann an cridhe-achan dhaoine agus creideamh anns an Tighearn Iosa ar Slànuihear, agus mur bheil soisgeul is teachdaireachd aig an t-searmonaiche ri liubhairt b' fheàrr da a' chùbaid a sheachnadh, agus dol gu obair eile. Tha fichead is ceud dòigh ann air Crìosd a shearmonachadh, agus tha a dhòigh fhéin aig a h-uile duine, ach mur bheil Crìosd air a thogail suas fa chomhair pheacach cha'n 'eil ann an rud air bith eile a dh' fhaodas searmonaiche a dheanamh ach dìomhanas is ruagadh na gaoithe. "Is teachdairean sinn air son Crìosd," arsa Pol, "mar gu'm biodh Dia a' cur impidh leinne: tha sinn a' guidhe oirbh as uchd Crìosd, bithibh réidh ri Dia."

Tha aon ni ann a tha do-sheachainte feumail do'n duine a ghabhas air seasamh suas ann an cùbaid a shearmonachadh do dhaoine eile, agus is e sin, gu'm biodh fiosrachadh pearsanta aige air an t-saorsa a tha ann an Iosa Crìosd, ach a thuilleadh air sin, tha buadhan is tàlant

sònruichte as fheàrr e gu mòr a bhi aige, (1) eòlas farsuing, (2) cuimse ann an cainnt, (3) tìr nàdurra, (4) beòthalachd inntinn, (5) lathailt no car a bhi aige air teagasg. Gun eòlas farsuing cha'n urrainn do dhùine earbsa a bhi aige as féin, agus mar is motha eòlas duine is ann is fhasa dha solus a chur air a' chuspair air a bheil e a' labhairt. Theid aig an fhear a tha cuimseach 'n a chainnt air iomadh saighead a chur ann an coguisean dhaoine nach b' urrainn do neach eile a chur annta, agus ma tha tìr nàdurra aige, cumaidh sin e o bhi searmonachadh do bhodach na gealaich an àite a bhi labhairt ris na daoine a tha air a bheulaobh. A measg mhinistearan a bha car coltach r'a chéile a thaobh eud is beatha is diadhaidheachd thaghainn daonnan an sgoilear a b' fheàrr. Tha deich sùilean ann an ceann an sgoilear mu choinneamh na h-aona sùl a tha ann an ceann an fhir aig nach 'eil i. Le beòthalachd inntinn tha mi a' ciallachadh an comas a tha aig cuid de dhaoine air an luchd éisdeachd a chumail 'n an dùsgadh an uair a chuireadh dhaoine eile a chadal iad. Cha'n ann aig an t-searmonaiche a tha a' choire daonnan gu bheil daoine a' cadal 'g a éisdeachd; chuir Pol féin duine a chadal le shearmonachadh ach cha'n 'eil sin ag ràdh nach b' aithne do Phol a ghnòthuch.

Aon ni a bu chòir do shearmonaichean a chuimhneachadh daonnan, gu bheil éifeachd is cumhachd ann am Facal an Tighearna nach 'eil 'n am briathran féin. Bha na ceudan air an iompachadh fo shearmonachadh an duine dhiadhaidh, R. M. M'Cheyne, ach thuir e féin nach robh aon duine dhiubh sin air an dùsgadh le a bhriathran-san ach le facal air chor-eigin as an Sgrìobtur a dh' uisnich e anns a' chùbaid agus a ghreimich air an inntinn. Tha Facal an Tighearna beò agus cumhachdach, agus na's géire na claidheamh dà fhaobhair air bith, a' ruigheachd eadhon chum eadar-sgaraidh an anama agus an spioraid, agus nan alt agus nan smear, agus a' toirt breith air smuaintibh agus rùnaibh a' chridhe. Is maith an comharradh e air searmonaiche gu bheil e mion-eòlach anns na Sgrìobtur, agus gu'n téid aige air solus a thilgeil air aon rann de'n Fhìrinn le rann eile. Cha do thaitinn searmon riamh rium nach robh làn de'n sgrìobtur; ni an sgrìobtur greim air t' inntinn an uair nach greimich dad eile de na tha am ministear ag ràdh oirre. Do mhòran de dhaoine an diugh tha facal an Tighearna mar sgeul gun bhlas, agus bu mhòr am moladh e air ministear air bith na'n dùisgeadh a shearmonachadh gaol air a' Bhiobull ann an cridheachan dhaoine; na'n deanadh e cho toigheach iad air 's a tha iad air a' phaipear-naigheachd. Searmon shoisgeulach is searmoin sgrìobturail, sin an searmonachadh a bheathaicheas eaglais Dhé.



AN FACAL BEO.

Bheothaich t' fhacal mi.—Salm, cxix., 50.

Chuireadh na mìltean air thalamh agus air nèamh an aonta ris an t-salmadair, gu'n do bheothaich facal Dhé iad, oir tha fhacal-san comasach air daoine a dheanadh glie a chum slàinte. Ach is e cùis is truaighe an diugh, nach 'eil ach glé bheag de'n t-sluagh a' leughadh a' Bhìobuill.

An dràs'd 's a rithist bidh mi a' faicinn anns na paipearan naigheachd, agus a' chluinntinn bhò urrainnean as firinniche na na paipearan, gu bheil muilleanan de Bhìobuill air an clò-bhuailadh a h-uile bliadhna agus air an craobh-sgaoileadh air feadh na dùthcha, ach air uairean bidh e a' cur ionghnaidh orm cò a tha 'g am faotainn no ciod a tha iad a' deanamh riu, oir, a réir choltais, cha 'n ann airson an leughaidh a tha iad 'g an ceannach co dhìu. Cha mhòr gu'n gabh e creidsinn cho aineolach 's a tha daoine air na sgrìob-turan an diugh, agus sin daoine tùrail is daoine cràbhach a leumadh ort na'n abradh tu nach 'eil an sgrìobtur air a dheachdadh le Dia. Ma theid thu do'n cheàrdaich, agus ma's maith leat naigheachd ùr innseadh, naigheachd nach cual iad riamh, cha 'n 'eil agad ach naigheachd innseadh dhaibh as an t-seann Tiomnadh.

Cha b'e Luther a bheothaich an Roinn-Eorpa aig àm an Ath-leasachaidh, ach facal an Tighearna. Cha do rinn Luther ach am facal a thoirt am follais. Anns na linntean roimhe sin bha e air fhòlach air an t-sluagh, ach fhuair Luther am facal a bha air eball agus thug e do'n t-saoghal e as ùr mar fhìodhlac Dhé. Agus bha gàirdachas mòr anns a' Ghearmailt agus ann an Albainn anns na làithean sin.

Tha am Bìobull a nis anns a h-uile tigh; tha e air a theagasg anns na sgoilean; tha e air a chur a mach ann an ceud cànanain, ach air a shon sin uile tha eòlas dhaoine air an sgrìobtur a' dol an lughad, agus cha 'n 'eil iad 'g a leughadh mar a b' àbhaist daibh. Tha am Bìobull air a dhèmas agus air a chur air chùl le daoine, ach cha ruig sinn a leas fìughair a bhì againn gu'n ath-bheothaich Dia 'obair ann an Albainn gus an cladhaich sinn as ùr na tobraichean a tha air an dùnadh.

Tha aon rud ann a gheibhear anns a' Bhìobull nach fhaighear ann an àite air bith eile, eòlas air an Dia bheò agus fhìor, agus air Iosa Crìosd a chuir e uaith. Cha 'n 'eil e

ceart do dhaoine a bhì dol do 'n Bhìobull a dh' iarraidh soluis air cùisean ris nach 'eil am Bìobull a' gabhail gnothuich. A thaobh cùrsa nàduir, is aois an t-saoghail, is obair a' chruthachaidh, is nithean eile mar sin, b' fheàrr dhuit Darwin a cheasnachadh na Pol; dh' innseadh Newton dhuit iomadh rud mu na creagan agus na reultan air nach robh fhios aig Maois. Ach tha am Bìobull a' tòiseachadh far am bheil an luchd-ealain a' stad; tha e a' labhairt le ùghdarras air nithean nach h-urrainn daibhsan a chur air an sligean-tomhais, agus a' toirt anam an duine an làthair a Chruthfhir. Tha mi an dùil nach d' fhoillsich Dia riamh do dhuine leis an Spiorad Naomh rud air bith a rachadh aige air fhaotainn a mach le thùr agus le reusonachadh féin. Théid aig mac an duine air a thuigsinn le cumhachd 'inntinn féin ciamar a bha ann saoghal air a chruthachadh, air chor agus nach 'eil feum aige gu'm biodh sin air fhoillseachadh dha air mhodh spioradail ann an taisbeanadh o Dhia. Ach cha b' urrainn mac an duine fhaotainn a mach le solus a reusainn féin an rùn-dìomhair d'a thaobh a bha ann an cridhe Dhé o shiorruidheachd, agus is e sin an rùn-dìomhair a tha air fhoillseachadh anns a' Bhìobull.

Tha mòran dhaoine am beachd gu bheil ùghdarras a' Bhìobuill air a mhilleadh, agus gu bheil a' togail fianuis bhrèige 'n a aghaidh, ma theirear gu bheil facal dhaoine ann cho mhaith ri facal an Tighearna, no ma theirear gu bheil mearachdan beaga ann, an sid 's an so, no gu bheil rud ri fhaotainn ann an leabhar Iob a tha an aghaidh rud a gheibhear ann an litrichean Phòil. Coma leam a' pheasanachd sin, peasanachd na h-inntinn litireil. Ged is mòr mo mheas air Maois is Pol cha'n ann air neo-mhearachdas fir seach fir' dhiubh a bu mhaith leam ùghdarras a' Bhìobull a bhì air a stéidheachadh; tha ùghdarras a' Bhìobuill air a stéidheachadh air fianuis an Spioraid Naomh fad nan linntean. An uair a leughas duine an leabhar so, is ionndrainn 'n a chridhe an geall air an Dia bheò, *tha fhios aige* gu bheil an rud a tha Isaiah is Pol is Crìosd ag ràdh fìor, oir tha an Spiorad Naomh 'g a innseadh dha 'n a chridhe, agus leis a' cheart fhianuis *tha fhios aige* gur e Dia a chuir 'n an cridheachsan labhairt mar a rinn iad, do bhrìgh nach b' urrainn neach air bith eile ach Dia labhairt mar so ri anam an duine.

So far am bheil ùghdarras a' Bhìobuill r'a

fhaotainn, gu bheil cumhachd aige air daoine a bha marbh a bheothachadh agus a thoirt gu Dia. Bha e a' deanamh sin air feadh nan linntean; tha e 'g a dheanamh an diugh fhathast, agus 'ga dheanamh cha 'n ann ann an aon dùthaich ach anns a h-uile dùthaich. Cò an leabhar eile a dhùisgeas coguis mhic an duine mar a ni an leabhar so? Their esan sith sith r'a 'anam, ach le aon ghath soluis a thilgeas an leabhar so air 'anam, tha a shìth 's a shuaimhneas air am milleadh, air chor agus nach e sith sith a tha e a nis ag ràdh, ach "A Tighearna dean tròcair orm-sa a tha a'm pheacach." Ach ma tha facal Dhé geur mar chhlaidheamh, agus ma lotas e an t-anam, tha e mar an ceudna ciùin is milis, agus léighsidh e an t-anam a leòn e. Cho luath 's a thòisicheas duine air bruidhinn air cumhachd a' Bhìobull tha e air a chuartaichadh le neul de fhianuisean, àireamh nach gabh àirmheadh a fhuair misneach is neart is dòchas 'n am beatha agus 'n am bàs anns an leabhar so. Sin an stéidh air am bheil am Biobull air a shuidheachadh, stéidh nach gabh carachadh, agus sin an rud a dhearbhas gur facal Dhé e.

A h-uile Sàbaid tha còrr is ceud mìle searmon air an liubhairt ann am Breatunn; searmoin de gach seòrsa dath, geal is dubh is laohdunn, maith is dona is meadhonach; cuid dhiubh milis do'n bhlas is cuid dhiubh searbh r' an éisdeachd, cuid dhiubh tioram is cuid dhiubh gun tìr, ach ged a tha sin a' dol air aghaidh a h-uile Sàbaid o chionn ceithir no còig cheud bliadhna, tha am Biobull féin as am bheil na searmoin sin uile air an tarruing cho ùrail 's a bha e riamh. Co an leabhar eile a sheasadh a ghiullachd a fhuair e gun e dhol 'n a luideagan agus gun daoine a dh' fhàs sgìth dheth. Cleas na mnatha m' am bheil Marc ag innseadh dh' fhuiling am Biobull mòran o iomadh searmonaiche, ach a dh' aindeoin sin tha e beò fhathast agus a' toirt beatha is sonas do na miltean. Is tobar e nach traoigh gu bràth, agus coltach ris an aran a bhris an Slànuighear, mar is mò a bhrisear e is ann is mò a mheudaicheas e.

Ma dh' fhaodas mi a ràdh gun thu 'g am thogail ceàrr, a leughadair, bhiodh e 'n a bhuanachd do'n eaglais agus do aobhar an Tighearna ann an Albainn na'n stadadh ministearan de shearmonachadh agus na'n tòisicheadh iad air facal Dhé a theagasg. Tha cuid de mhinistearan a' teagasg facal an Tighearna daonnan; is e sin toiseach is meadhon is deireadh an searmonachaidh. Ach tha gu leòir eile nach 'eil a' deanamh sin; cha 'n 'eil iad ach a' teagasg am beachdan féin. Ged a ghabhas iad ceann-teagaisg cha 'n 'eil feum air bith aca air ach mar thotal

a chuireas iad os cionn an seanchais féin. Dheanadh an searmon feum as eugmhaïs a' chinn-theagaisg maith gu leòir, agus theagamh gu robh an searmon crìochnaichte m'an do thòisicheadh air siubhal air son earrann de'n sgrìobtur a fhreagradh air. Ma chòrdas sin r'an luchd-éisdeachd gu dearbh cha chòrd e rium féin. Coma leam searmoin gun am Biobull annta; coma leam ministearan a bhios a' togail luchairtean gun stéidh fodhpa, no bhios a' deanamh chlachra-creadha gun chonnlach. An uair a ghabhas ministear sgiathan na gòraiche, agus a thòisicheas e air searmoin rìomhach a dheanamh as a cheann féin mu obair nam bàrd no glòramas nam feallsanach, an àite a bhi mìneachadh nan sgrìobtur, bu cho mhaith dhuit a bhi sealltuinn air figheadair a' snìomh snàth as a chorp ri bhi 'g a éisdeachd. Cha 'n e sin a bheathaicheas spiorad mhic an duine ach facal Dhé, am facal a tha beò is cumhachdach, agus a bheir breith air smuaintean is rùintean a chridhe.

Is e nàmhaid is mò a tha aig a' Bhìobull an diugh am paipear-naigheachd, mar is e nàmhaid is mò a tha aig an eaglais tigh nan dealbh. Tha aon spiorad anns a' Bhìobull is anns an eaglais, agus spiorad eile anns a' phaipear-naigheachd is ann an tigh nan dealbh, air chor agus nach 'eil e comasach dhaibh imèachd le chéile no còrdadh a bhi eatorra. Dhùisgidh am Biobull urram agus eagal diadhaidh ann an anam mhic an duine ach cha dhùisg tigh nan dealbh ann ach aotramas is luaineachd is spiorad na peasanachd. Tha am paipear-naigheachd feumail 'n a àite féin, ach cha bu chòir da àite a' Bhìobull fhaotainn, mar a tha e a' faotainn ann an iomadh teaghlach an diugh. Tha gach rud eile a leughas tu gu cron duit ma tha iad a' toirt bhuaib do chàil air son facal an Tighearna. Oigrìdh a tha air an togail air a' bhìadh bhòchd a gheibhear anns a' phaipear-naigheachd no ann an tigh nan dealbh, cha 'n ion daibh anam fallan a bhi aca, agus cha rud soirbh e urram no eagal diadhaidh a dhùsgadh annta an déidh làimhe.

Bu mhaith do'n eaglais agus do'n t-saoghal na'n robh luchd-aideachaidh Chrìosd cumhachdach anns na sgrìobtur. Tha caoile air an anam a chionn nach 'eil iad a' beathachadh air facal Dhé. Cha dean an t-anam feum gun bhìadh na's mò na ni an corp, agus is e facal Dhé aran na beatha. Tha iad furasda gu leòir an aithneachadh, na creidmhich sin a bhios a' leughadh agus a' meòmhrachadh air facal an Tighearna; tha fàs is abuchadh orra nach 'eil air an fheadhainn nach bi.



ANN'S A' CHATHAIR.

Bu mhaith leam beagan seanchais a dheanamh riut mu chìobaireachd, ach air eagal gu'n éirich dhuit mar a dh' éirich do'n tuathanach a cheannaich fear de leabhraichean Ruskin, feumaidh mi innseadh dhuit nach ann mu chaoraich dhubh cheannach no mu chaoraich mhaola a tha mi dol a bhruidhinn ach mu sheòrsa eile air nach 'eil ach dà chois. Là a bha an tuathanach ud anns a' bhaile mhòr faicear leabhar ann an uinneig, agus so air a sgrìobhadh air a' chlàr, "*Mu chrò nan caorach le Iain Ruskin.*" "An dearbh rud a bha dhìth orm," ars' esan ris féin, agus gabhar a steach is ceannaichear an leabhair. Ach an uair a thug e làmh air an déidh dol dachaidh dh' fhaireadh air aon fhacal fhaotainn ann mu fhang no mu chaoraich; bha an leabhar uile gu léir mu aonadh nan eaglaisean Crìosduidh.

An eual thu riamh searmon air a' cheann-theagaisg, "Am mise fear-gleidhidh no bhràthar?" (*Gen. iv., 9*) Ma chuala, bha thu na b' fhortanaiche na mise mur d' éisd thu ri teagasg air an robh dreach na firinn ach nach robh idir fìor no ceart air a shon sin. Is fearr leam gu mòr an fhìrinn fhéin seach a dreach, agus is fheàrr leam tùr a bhì ann an brìathran duine seach fuaim chràbhach a bhì aca. Tha searmon agam fhéin air na stocan air a' cheann so, ach tha eagal orm nach teid e gu bràth a chur dhiubh, agus nach luibhair mi e ann an cùbaid, oir mar a b' fhaide a bha mi 'ga dhealbh is ann a bu lugha a bha de choltas na Sàbaid air, agus mu dheireadh chuir mi bhuan e. Ach faodar rud a ràdh anns a' chathair nach fhaodar a ràdh anns a' chùbaid.

Is e an rud sònruichte a bha agam-sa r'a ràdh mu'n cheann ud, nach 'eil duine air an t-saoghal as lugha orm na'n duine a tha saoilinn gu bheil e mar fhiachaibh air a bhì 'n a fhear-gleidhidh air a bhràithrean. A h-uile uair a chluinneas tu searmonaiche a' labhairt air a cheann-theagaisg so faodaidh tu a bhì cinnteach gu'n cuir e sìos air Cain; gu'n abair e nach robh ann ach duine dona an uair a theireadh e a leithid so de fhacal idir, agus gu'm bu chòir da a bhràthair a chìobaireachd an àite a shao'd 's a shiubhal a leigeil leis. (Cha do leig Cain a shiubhal d'a bhràthair, ach mur do leig, tuigidh tu nach ann air litir na naigheachd so a tha mi bruidhinn idir, agus gu'm faod rud nach 'eil fìor do 'n chluais a bhì fìor do 'n chridhe.) Agus is e an co-dhunadh gus an tig e, gur e dleasdanas a h-uile duine shìil a chumail air a bhràthair air eagal

gu'n téid e air seachran ma leanas e a shròn féin.

Ach cha 'n 'eil mise a' creidsinn idir anns a' chìobaireachd sin, agus cha 'n 'eil rud air an t-saoghal as luaithe a dhùisgeas sradaig de spioraid Chain féin 'n am chridhe na bhì faicinn duine eile air son breith air làimh orm gus a dhleasdanas a dheanamh dhomh mar bhràthair, mar nach robh annam ach am pàisde. Air uairean bidh e a' tighinn a steach orm gu bheil creideamh is cràbhadh an là diugh fada fada ceàrr ann a bhì cur uiread cudthrom air dleasdanas duine d'a bhràthair, an àite a bhì ag iarraidh oirnn ceartas a dheanamh, is tròcair a ghràdhachadh, is gluasad gu h-iriosal maille ri Dia. Air mo shon féin cha 'n iarrainn air duine eile dleasdanas air bith a dheanamh dhomh ach a mhàin ceartas a thoirt domh, agus saorsa mo thoile féin; agus cha mhò a dhiultainn do dhuine eile an rud a dh' iarrainn bhuaith.

Ach sin an rud nach toir am fear anns a bheil nàdur na cìobaireachd dhuit, saorsa do thoile. Tha fhios aige cìod a tha maith dhuit mòran na's fheàrr na tha agad fein agus sparraidh e a bheachdan agus a dhòighean agus a thoil ort, olc air mhaith leat e. Cha'n 'eil e gu feum dhuit a ràdh gu bheil thu sona mur bheil thu sona anns an dòigh a tha esan a' saoilinn ceart; cha leig e fois leat gus an dean e a dhleasdanas mar bhràthair riut agus an iomain e a steach de'n chrò aige féin thu, co dhiu a chòrdas no nach còrd e riut.

Cha 'n 'eil ann ach aon rud a tha toirt còir do dhuine gnothuch a ghabhail ri duine eile, gràdh a bhì aige dha. Mur bheil gaol agad air duine cha 'n 'eil ann dhuit ach an daor mhìomhodh tòiseachadh air a chìobaireachd, a chionn gu'm bhì thu a' cluinntinn gur h-e do dhleasdanas sin a dheanamh. Cìod a theireadh tu na'n gabhadh an duine 'na cheann gu'm b'è a dhleasdanas-san thusa a chìobaireachd? Theagamh gu'n cuireadh sin iongantais ort, ach faodaidh e bhith gu bheil thusa 'n a shùilean-san a cheart cho feumach air fear-gleidhidh 's a tha esan 'n a'd' shùilean-sa. "An rud a tha maith do bhàillidh Dhìura cha dean e cron air Rùsgan Mac Phàil."

Is mòr agus is maith an rud saorsa, maith do'n inntinn is maith do'n choguis, ach tha saorsa a' lughdachadh an uair a tha a' chìobaireachd so a' meudachadh. Bha uair ann a bha e fìor gur rìgh duine 'n a thigh féin, ach dh' fhalbh an là sin, agus a nis tha rìgh ùr air a' chrùn. An diugh bidh leth dusan duine nach fhaca tu riamh roimhe, aig do dhorus anns an aon là, agus iad uile air thurasan na cìobaireachd, agus air an cur thugad leis an duine chòir Mr. Lloyd George. Cha 'n 'eil rud

eile aca anns an amharc ach maith a dheanamh dhuit agus do dheanamh sona, agus cha tigeadh iad idir mur biodh eagal air Mr. Lloyd George nach h-urrainn duit sealltainn as déidh do ghnothuich féin. Sin agad an rud a tha daonnan ann an cùl cinn na feadh-nach anns a bheil gaol na ciobaireachd, nach 'eil iad a' creidsinn gur h-aithne do dhaoine eile ciod a tha maith dhaibh no ciod a ni sona iad.

Thig duine thugad o bhòrd an Fhearainn a dh' fhoighneachd ciamar a tha am buntata a' fàs. Ma their thu ris nach 'eil ach gu dona théid e air ais, agus innsidh e sin do'n bhòrd, agus theagamh gu'n cuir am bòrd thugad ciobair eile. Cuiridh e a' cheart cheist a chuir a' cheud fhear, ach mur toir sin air a' bhuntata fàs, tha am bòrd còir agus gu leòir de aingiod aige, agus cuiridh e an treas ciobair thugad, agus maith dh' fhaoidte fichead. Ach co dhiu a dh' fhàsas no nach fhàs am buntata, tha am bòrd deimhinn anns a' bheachd nach h-urrainnear aon iomaire earbsadh riutsa, agus gu'n teid an dùthaich a dhith mur seall iadsan as do dhéidh. Sin agad sin; is tusa am bràthair bochd a dh' fheumas a bhi air do ghleidheadh agus air do chiobaireachd! Agus air deireadh na cluiche feumaidh tu am buntata a reic agus na gheibh thu air a thoirt a phàigheadh nan daoine còire a thàinig a dh' fhoighneachd uime. Na'n d' fhan iad air falbh dh' fhaodadh tu am buntata a thoirt do na mucan, agus ged a thuit prìs nam muc o chionn bliadhna, tha barrachd buannachd ann fhathast buntata a chur ann an corp mhuc seach a chur a phàigheadh an t-seòrsa chiobairean so.

Ma dh' aisidear do bhean tha ciobairean eile ann a thig 'g a h-amharc-se. Cuiridh iad an leanabh air na sligean-tomhais, agus cuiridh iad an troigh ris, a dh' fheuchainn am bheil am fad agus an cudthrom ann a bu chòir a bhi ann. Mur bheil, bidh ciobair air do shàil gu ceann bliadhna. Bha là ann a dh' fhaodadh tu an dorus a dhùnadh orra, agus cleas an dreathainn do chasan a sgaoileadh gu farsuing 'n a'd' thigh féin. Ach dh' fhalbh là an àigh sin, agus an diugh tha thu air do bhuchailleachd o'n la a thig thu a steach do'n t-saoghal gus an là am fàg thu e. An uair a thig thu, tha ciobairean a' feitheamh ort ach a bheil an tomhas ceart annad, agus an uair a dh' fhalbhas tu tha ciobairean eile a' sealltainn as déidh na feadhnach a tha 'g ad chur fo'n talamh, ach an do chuireadh domhain gu leòir thu.

Co, mata, a chuir na cuibhrichean so oirnn? Sin ceist nach gabh fuasgladh ann an aon fhacal, oir tha fichead rud ann a tha a' coimh-obreachadh r'a chéile gus ar saorsa

a thoirt bhuainn, ach faodaidh mi a ràdh gu'n do chuir sinn féin. Bha eagal oirnn gu'm bitheamaid air ar n-àireamh am measg sliochd Chain na'n abramaid nach sinne luchd-ghleidhidh ar bràthar, agus mar sin dh' aontaich sinn ri fasan na ciobaireachd, gun fhios againn ciod a bha sinn a' deanamh.

Ach ma chuirear a' cheist orm-sa, "An tusa fear-ghleidhidh do bhràthar," cha bhi eagal no nàire orm a ràdh ann an guth mòr làidir, "Gu dearbh cha mhi." Theagamh gu'n saoil enid gu bheil an fhreagairt sin greannach is fuar, agus nach 'eil idir dreach a' chràbhaidh oirre. Ach ma shaoileas, mo thogair; coma leam an cràbhadh ann an coimeas ris an fhìrinn agus ris a' mhodh; cha bhiodh e modhail dhomhsa mo chorrage a chur ann an rud nach buin dhomb, agus cha ghabhainn an saoghal 's gu'm faiceadh no gu'n tuigeadh mo bhràthair gu robh mi 'g a chiobaireachd. Cha 'n 'eil mi an dùil gu bheil barrachd de spiorad Chain annam na tha ann an daoine eile, ach ni mi ri mo bhràthair mar bu mhaith leam e a dheanamh rium; leigidh mi a shiubhal leis, is bheir mi a thoil agus a shaorsa dha.

Cha bu mhaith leam a bhi fuar no greannach ri coimhearsnach, ach tha a' choimhearsnachd, mar an càirdeas, mar a chumar i. Cha 'n 'eil rud air an t-saoghal is luaithe a mhilleas sìth eadar coimhearsnaich na an dara fear a thòiseachadh air an fhear eile a chiobaireachd. Tha dà rud ann a dh' fheumas coimhearsnaich a thoirt d'a chéile ma's maith leò sìth is deagh-ghean a mhairsinn eatorra, agus is e sin, saorsa agus sìobhaltachd. Glé bhithianta tha na daoine anns a bheil nàdur na ciobaireachd 'n an daoine coguiseach, diadhaidh, ach cha'n urrainnear a ràdh gu bheil iad sìobhalta. Faodaidh gur h-aithne dhaibh foirm na sìobhaltachd a ghnàthachadh le buill an cuirp, ach tha an cridheachan falamh de shuairceas agus de mhodh. Tha craicinn tiugh orra, agus fo'n craicinn cha 'n 'eil annta ach na fìor Phrussianach.

Cha 'n 'eil mise ag ràdh gu'm bu duine maith a bha ann an Cain, agus cha mhò a tha mi a' gabhail a lethsgèil air son an uile a rinn e, ach faodaidh droch dhuine air uairean amas air an fhìrinn, agus a réir mo bheachd-sa co-dhiu, bha bloigh de'n fhìrinn ann am beul Chain an là ud. Agus ma ghabhas tusa mo chomhairle, a leughadair, leigidh tu le do bhràthair e féin a ghleidheadh agus a chiobaireachd. Is fheàrr dha a shaorsa agus a thoil féin na thusa a bhi 'g a ruagadh gun sgur. Ach thig mi air m' ais thuige so anns an ath àireamh.



TEACHD AN TIGHEARNA.

Tha sàr-fhios agaibh féin gu'n tig là an Tighearna mar ghadaiche anns an oidhche.— I. Tessal, v. 2.

Bu mhaith leam beagan mneachaidh a dheanamh air na tha Pol ag ràdh mu là an Tighearna anns a' cheud litir a sgrìobh e gu eaglais nan Tessalonianach. Chuir muinntir na h-eaglais sin dà cheist air, agus anns an litir so tha Pol a' freagairt nan ceistean sin gu cùramach.

B'e a cheud cheist, ciod a thachras do na mairbh aig teachd Chrìosd? Fo shearmonachadh Phoil féin bha dòchas air a dhùsgadh am measg nan creidmheach ann an Tessalonica gu robh teachd an Tighearna dlùth; gu'n tigeadh deireadh an t-saoghail ann an ùine ghearr, agus gu'm faiceadh a' ghineal a bha làthair Mac an duine a' teachd ann an cumhachd agus ann an glòir. Ach bha an ùine a' dol seachad agus cha robh e a' tighinn; thàinig am bàs air cuid de na creidmheilich gun an dòchas a bha iad ag altrum a bhì air a choimhlionadh. Thòisich an càirdean air eagal a ghabhail gu'n do chaill na mairbh sin pàirt ann an aoibhneas teachd an Tighearna, agus chuir iad fios gu Pol, a dh' fhoighneachd ciod e a bharrail-san. Gheibhear an fhreagairt a thug Pol dhaibh anns a' cheathramh caibideil (*rann. 13-18*); thuir e riu nach robh na mairbh idir ann an suidheachadh a bu mhiosa a thaobh teachd an Tighearna na bha iadsan a bha beò. An àite a bhì air dheireadh is ann a bhiodh iad air thoiseach, *oir éiridh na mairbh ann an Crìosd an toiseach*. Sin crioman eòlais mu na nithean deireannach a tha Pol a' toirt duinn le ùghdarras an Tighearna: eòlas air nach b' urrainn duinn ruighinn le ar tuigse nàdurra, eòlas a bha air a thoirt dha féin le foillseachadh an spioraid Naoimh.

B'e a' cheist eile a chuir iad air Pol, c'uin a bha an Tighearna a' teachd, agus ciod a bha ri tachairt m' an tigeadh e. Thuir Pol riu gu'm b'e sin ceist nach b' urrainn esan a fhreagairt, ach gu robh aon ni cinnteach, gu'n tigeadh là an Tighearna mar ghadaiche anns an oidhche.

Cha b' ann às a cheann féin a thuir Pol gu'n tig là an Tighearna mar ghadaiche anns an oidhche, ach air ùghdarras Chrìosd. Dh' iarr esan air a dheiseibuil a bhì mar sheirbhisich a' feitheamh an tighearna, agus faire a dheanamh, a chionn nach robh fhios aca co dhiu a thigeadh e anns an dara faire

no anns an treas faire. "Bithibh-se ullamh mar an ceudna; oir air uair nach saoil sibh, thig Mac an duine." 'N a fhreasdal tha Dia a' toirt rabhaidhean gu leòir do dhaoine a bhì deas air son teachd an Tighearna, ach a dh'aindeoin gach rabhaidh a tha iad a faotainn, tha am Biobull ag innseadh dhuinn gu'm beir an là mòr sin orra agus gun iad deas. Mar a thachair ann an làithean Noah; mar a thachair ann an làithean Lot; mar a thachair anns na làithean anns an robh Ierusalem air a sgrìos, agus mar a tha tachairt anns an là an diugh, their daoine. Sith agus Tearùinteachd, agus gun fhaireachadh air bith aca gu bheil comharraidhean na h-aimsir ag innseadh gu bheil am breitheanas dlùth dhaibh. Bidh iad ag itheadh agus ag òl, a' ceannach agus a' reic, a' togail thighean agus a' cur sìl, agus an cridheachan uile gu léir suidhichte air comhfhurtachd is buannachd shaoghalta, ach ann am priobadh na sùl, cho luath ris an dealanach, chithear comharradh Mhic an duine anns na nèamhan, agus ann an àite Sith is Tearuinteachd thig sgrìos obann orra. Ach tha dòchas is feàrr na sin aig Pol a thaobh sluagh an Tighearna ann an Tessalonica; "Cha 'n' eil sibhse, a bhràithre," tha e ag ràdh, "anns an dorchadas, ionnus gu'm beireadh an là sin oirbh mar ghadaiche: òir tha sibh uile 'n 'ur cloinn an t-soluis."

"Uime sin," tha Pol ag ràdh, "na caid-leamaid mar a ni càch, ach deanamaid faire agus bitheamaid stuama. Tha am facal cadal air a chleachdadh anns an Tiomnadh Nuadh ann an dà dhòigh, cādal nan sùl, agus cadal an anama. Tha mòran dhaoine ann aig nach 'eil faireachadh air bith air nithean spioradail; ged a chluinneas iad daoine eile a' bruidhinn mu'n t-saoghal neofhaicsinneach cha 'n' eil ann daibh ach sgeul gun bhrìgh. Cha 'n' eil ionndrainn no tart 'n an anam an geall air an Dia bheò, oir tha iad sàsichte leis na nithean a ta làthair. Theireadh Pol mu na daoine sin gu bheil iad 'n an cadal, ged a chuireadh sin iongnadh orra e bhì air a ràdh umpa, oir glé bhitheanta tha an seòrsa dhaoine so an dùil gu bheil iad féin 'n an làn-dùsgadh. Theagamh gu bheil ann an aon seadh; tha iad 'n an dùsgadh a thaobh prìs mhuc is dhamb, agus a thaobh malairt an t-saoghail. Ach a mach uaith sin, tha iad cho trom 'n an cadal ri duine air mhìsg. Saoilidh mi gur h-e an seachran as mò is urrainn dol ann an ceann duine, e bhì sealltuinn air nithean nach mair ach seal mar gu'm maireadh iad gu bràth,

agus air na nithean a tha maireannach mar nach robh annta ach bruadar faoin. Ach tha mòran dhaoine agus an seachran sin 'n an ceann, daoine a tha saoil sinn gu bheil iad féin glic is crionna. An uair a sheasas iad anns a' mhargadh, agus a gheibh iad cotan, no siucar, no iarunn, no eòrna, no airgiod, 'n an làmhan, tha iad mar dhaoine aig a bheil an seasamh air bunait dhiongmhalta, mar dhaoine ann an saoghail nam beò. Ach an uair a chluinneas no leughas iad rud-eigin a tha labhairt riu mu Dhia, no mu'n anam, no mu shiorruidheachd, tha iad mar dhaoine nach 'eil a' faireachduinn an talamh fo'n casan, mar dhaoine ann an ceò. Ach air a shon sin, tha na nithean neo-fhaicsinneach na's dìongmhalta na cotan, no iarunn, no eòrna, ged nach h-urrainnear an làimhseachadh le làmhan. Théid as do gach ni a làimhsichear anns a' mhargadh, ach mairidh Dia agus anam an duine gu bràth.

B'e an cadal spioradail so a bha ann an inntinn an t-Salmadair an uair a rinn e an ùrnuigh, "Soillsich, a Dhe, mo shùilean air eagal gu'n caidil mi cadal a' bhàis"; agus b'e an cadal ceudna a bha anns an amharc aig Pol an uair a dh' iarr e air na naoimh ann an eaglais nan Tessalonianach, faire a dheanamh agus a bhi stuama. Tha am facal stuama air uisneachadh am measg dhaoine ann an dà dhòigh, ann an dòigh fharsuing agus ann an dòigh chumhainn. Anns an dòigh fharsuing tha stuamachd a' ciallachadh measarrachd 'n ar caitheamh-beatha gu léir, ach anns an dòigh chumhainn cha 'n 'eil e a' ciallachadh ach measarrachd a thaobh dibhe. Sin an dòigh anns a bheil Pol a' cleachdadh an fhacail anns an earrann so. Ged nach saoilseamaid gu'm biodh an rabhadh feumail, gidheadh tha am Biobull a' toirt duinn rabhaidh mu mhìsg ann an comh-cheangal ri teachd an Tighearna. "Thugadh an aire dhuibh féin, air eagal gu'm bi 'ur cridheachan air an luchdachadh le geòcaireachd, agus le mìsg, agus gu'n tig an là sin oirbh gu h-obann mar ribe." "Tha an oidheche fada air a h-aghaidh, agus tha an là am fagus; uime sin gluaiseamaid gu cubhaidh; cha 'n ann ann an ruidhtoireachd agus am mìsg." Tha an rabhadh cho feumail an diugh 's a bha e ann an làithean Phoil, agus theagamh na's feumail, oir cha 'n 'eil ar coguis-ne cho maoth 's a bha coguis Phoil a thaobh dibhe, agus a thaobh nithean eile a tha 'n an ceap-tuislidh d' ar bràithrean. A réir choslais, cha toir e oibheum do choguis na h-eaglais an diugh drongairean fhaicinn ann an ionadaibh arda, ach bheireadh e oibheum do choguis Phoil, oir tha e a' cur dhrongairean air an aon ghad ri meirlich is luchd ana-cainnt is iodhal-aoraidh.

Cha b' urrainn Pol smuaineachadh air là

an Tighearna gun smuaineachadh cuideachd air fearg Dhé air a foillseachadh o nèamh an aghaidh gach uile mhi-dhiadhaidheachd. Ach cha b' ann air an fheirg sin a b' fhearr leis aire dhaoine a shoeruchadh ach air an dìon a dh' ullach Dia 'n a thròcair o'n fheirg ata ri teachd, agus mar sin tha e ag ràdh, "Oir cha d' òrduich Dia sinn a chum feirge, ach a chum slàinte fhaotainn tre ar Tighearna Iosa Crìosd, a bhàsaich air ar son, a chum, co dhiubh is faireachadh no cadal dhuinn, gu'm bitheamaid beò maille ris. Air an aobhar sin thugaibh comhfhurtachd d'a chéile, agus togaibh suas gach aon a chéile, eadhon mar a tha sibh mar an ceudna a' deanamh."

Cha bhiodh buannachd air bith ann do dhaoine fhios a bhi aca c' uin a thig an Tighearna, no c' uin a thig uair am bàis féin. Dh' fholuich Dia sin oirnn, 'n a ghliocas agus 'n a thròcair. An uair a thòisich na creidmich ann an Tessalonica air sealltainn anns an iarmailt air son comharraidhean là an Tighearna, stad iad d' an obair is dh' éirich mi-riaghailt 'n am measg, air chor agus gu'n d' thug iad oibheum do aobhar Chrìosd. An uair a thoisicheas daoine ri gnothuch a ghabhail ri nithe nach buin daibh, sin a thig as daonnan, cron an àite maith.

Thachair a' cheart rud anns an naoieamh linn. An uair a bha mìle bliadhna an deidh na h-aiseirigh gus a bhi crìochnaichte bha dùil aig mòran dhaoine gu robh deireadh an t-saoghail a' tighinn. Sgaoil am beachd sin air feadh na Roinn-Eòrpa gu léir, ach an àite' diadhaidheachd a mheudachadh is ann a mheudaich e aingidheachd is as-creideamh. Bha gu leòir de chràbhachd ann o'n taobh a muigh, ach cha b'e gaol an t-Slànuighir no gaol na diadhaidheachd, a bha air a chùl sin, ach eagal a' bhreitheanais. An uair a dh' fhalbh an t-eagal thuit a' mhòr-chuideachd air an ais, agus bha an staid dheireannach na bu mhiosa na'n ceud staid.

Ach ged nach 'eil fhios againn c' uin a thig an Tighearna, tha fhios againn gu bheil a teachd cinnteach. Is e sin dòchas na h-eaglais, dòchas a tha araon cinnteach agus daingean. Cha mhò a tha fhios againn c' uin a thig uair ar bàis, ged a tha uair a bhàis féin co-ionnan do dhuine ri teachd an Tighearna. Ach ged a tha gach ni eile a tha air thoiseach oirnn neo-chinnteach, tha so cinnteach, gu'm faigh sinn bàs, agus an déidh a' bhàis gu bheil am breitheanas. Is e ar gliocas feum a dheanamh de chothrom nan gràs a tha Dia a' toirt duinn, agus gnothuch anama a dheanamh ris mu 'm bi e ro annoch. "Iarraidh an Tighearna am feadh a tha e r'a fhaotainn; gairmibh air

am feadh a tha e am fagus." Dh' fholuich Dia oirnn ar là deireannach a chum gu'n deanamaid feum ceart de 'n h-uile latha.

ANNS A' CHATHAIR.

Mar a bha mi ag ràdh riut, a leughadair, cha toigh leam idir an seòrsa dhaoine a bhios a' ciobaireachd dhaoine eile gun sgar. Tha spiorad is dòighean a' mhaighstir-sgoile maith gu leòir am measg cloinne, ach cha fhreagair e idir am measg dhaoine mòra no ann am measg choimhearsnach. An uair a chi tu fear air bith a' deanamh maighstir-sgoile dheth féin am measg dhaoine eile, agus 'g an òrduchadh a null 's a nall, faodaidh tu a bhi cinnteach gur duine e a tha creidsinn gur esan as fear-gleidhidh air a bhràithrean. Sin an comharraidh-cluaise a dh' innseas duit gur h-ann de shìol nan ciobairean e. Ged a bheireadh tu dha sgailc anns an leth-cheann is mise gu dearbh nach h-abradh riut gur h-òl a rinn thu, ach ged is e sgailc anns an leth-cheann a tha e a' toiltinn is mòr m' eagal nach e sin a gheibh e idir, ach gu'n cluinn Mr. Lloyd George uime, agus gu'n cuir e ann an dreuchd e. Anns an dùthaich againne an dìugh tha na ciobairean a' fas lionmhor is reamhar, ach tha na caoraich bhochda a' fàs-gann is caol. Ma dh' fhaodar car ùr a chur ann an seann fhacal, tha ciobair ar fhichead air an fhichead caora.

Na'm bithinn a' saoilinn, a leughadair, gur duine thu féin aig a bheil an inntinn litireil chuirinn air t-earalas thu gun mo thogail ceàrr. Cha 'n 'eil anns an inntinn litireil ach ainm bòidheach air an inntinn mhaoil, agus co is urrainn duine maol a dheanamh ach maol fhéin. Togaidh an duine maol ceàrr thu co dhiu. Ach cha 'n ann riu-san a tha mi a' bruidhinn, agus mar sin cha ruig mi a leas a ràdh nach 'eil na thubhairt mi a' ciallachadh gu bheil e ceart do dhuine a bhi coma ciod a dh' éireas d'a bhràthair, no ceart da gun a bhi caoimhneil, freasdalach, bàigheil, r'a choimhearsnach. Nar leigeadh Dia gu'n abrainn-sa a leithid sin! Bu duine dona, da-rìreadh, an duine nach cuireadh e féin mu'n cuairt air son duine eile, no nach deanadh comhstaidh ri choimhearsnach, no nach biodh caoimhneil bàigheil r'a cho-chreutairean. Ach faodar sin uile a dheanamh gun a bhi 'g an ciobaireachd, gun an duinealas agus an saorsa a thoirt bhupa, agus gun a bhi seasamh as an cionn mar gu'm biodh maighstir-sgoile.

Ged a bhios mise mi féin air mo shàrachadh air uairean leis an t-seòrsa dhaoine so theid agam-sa air an cumail dhìom, agus iarraidh orra an aire a thoirt air an gnothuch féin, ach tha e na's duiliche do dhaoine bochda sin

a dheanamh, agus bidh mi iomad uair duilich air an son-san a chionn gu'm feum iad cur suas le mìomhodh dhaoine dìomhanach a tha air son an dleasdanas mar bhràithrean a deanamh riu. Ach tha cuid de na bochdan cho leam-leat 's, gu'n abair iad ris na huaislean gur e onoir mhòr a tha ann daibh-san aon de mhaithrean na dùthcha a thighinn a steach d' an tigh, ged a chaidh e a steach gun uiread is cead iarraidh, no gun uiread 's a chòmhdach-cinn a chur dheth, no ged a thòisich e air innseadh ciod a bu chòir daibh a dheanamh mar nach robh fhios aca féin air na bu mhò na pàisdean. Ach ciod nach dean duine air son crioman arain? Agus gu sònruichte air son crioman arain is im air d'a chloinn.

Tha e furasda gu leòir duit a bhi 'n ad earalas air an duine a tha suidhichte air cron a dheanamh dhuit, agus fhios a bhi agad ciamar a choinnicheadh sibh a chéile. A thaobh do nàmhaid tha fhios agad-sa agus aige-san c' àite a bheil sibh a' seasamh, agus ciod a tha sibh a' dol a dheanamh. Ach cha 'n 'eil e idir cho furasda dhuit a bhi 'n ad earalas air an duine a tha suidhichte air maith a dheanamh dhuit, no fhios a bhi agad co dhiubh is fheàrr dhuit gabhail roimhe no iarraidh air an aire a thuir air a gnothuch féin. Cha'n urrainn dol is tighinn, no fìor chonaltradh, a bhi gu bràth eadar dithis dhaoine mur bheil iad soilleir le chéile mu'n daimh a tha eatorra. Los gu'n tuig thu ciod a tha mi a' ciallachadh innsidh mi dhuit naigheachd bheag a dh' fhaodadh tachairt ann am baile air bith a thoilicheas tu. Is aithne dhuit bean a' Chòirneil; mur h-aithne dhuit i fo'n ainm sin, theagamh gur h-aithne dhuit i fo ainm eile, oir tha bean a' Chòirneil anns a h-uile sgìreachd eadar am Buta Leòdhasach agus a' chrìoch Shasun-nach. Là de na làithean bhuaile e ann an ceann bean a' Chòirneil nach robh luchd-obair a' bhaile cho stuama no cho modhail 's a bu chòir daibh a bhith, agus nach robh am mnathan a' cumail an tìghean no an cloinne cho glan 's a dh' fhaodadh iad. Ann an cabhaig chuir i fios air a' mhinistear, is dh' innis i dha gu'm feumadh rud-eigin a bhi air a dheanamh gun dàil, air neo gu'm faigheadh na Gearmailtich air thoiseach oirnn mur biodh beusan a b' fheàrr air ionnsachadh do'n luchd-oibre. Le sòluimteachd nach b' urrainn a bhi na bu shòluimte ged robh i a' labhairt mu èirigh agus mu thuiteam rìghrean is rìoghachdan dh' innis i dha gu'm faca i le a shùilean féin Calum Crotach a' tighinn a mach as an tigh-osda agus an gobhain 'ga chumail 'n a sheasamh, agus gu robh Calum a' glaochadh cho àrd 's nach b' urrainn e bhith nach e na mìonnan a bha aige. Dh' innis i dha cuideachd gu'n cual

i o bhean a' bhancair nach robh Ceit Mhòr a' sguabadh an tighe ach uair 's an dà latha, agus gu robh casan a' bhrogaich aice cho dubh ris a' phoit leis an t-salchar. Sin agus an còrr dh'innis i dha mu'n staid bhochd anns an robh am baile, agus thuirt i gu'm feumteadh coinneamh a ghairm agus Comunn a chur air chois, gus sealltainn as déidh Chalum Chrotaich agus Ceit Mhòr, agus feadhainn eile nach cumadh an casan glan, no a dh'fheumadh an taic a leigeil ris a' ghobhainn air feasgar Di-sathuirne. Ghabh am ministear leth-sgeul Chalum is Ceit mar a b' fheàrr a b' urrainn da, agus dh'fheuch e air athais féin ri stad a chur air bean a' Chòirneil agus air gairm na coinneimh, ach ma dh'fheuch, b'è sin dha-san a bhi feuchainn ri tilleadh a chur air lionadh na mara. Gus mo naigheachd a ghiorrachadh, chaidh a' choinneamh a ghairm; chaidh Comunn a chur air chois agus luchd-dreuchd a shòn-rachadh, agus thàinig ministear mòr a Dunéideann a thug seachad òraid ghasda air a' cheann-theagaisg, *Am mise fear-gleidhidh mo bhràthar?*

Bha teaghlaichean a' bhaile air an roinn am measg a' Chomuinn, uiread so de theaghlaichean aig a h-uile duine ri chlobaireachd, agus co air a thàinig sealltuinn as déidh Chalum Chrotaich ach air a' Chòirneal! Cha robh an Còirneal bruich air an obair nodha so na bu mhò na'm ministear, ach bu toigh leò le chèile sìth, is cha robh iad air son dol an aghaidh nam ban. B'è sin an t-aobhar gu'n do ghabh iad gnothuch idir ris a' Chomuinn. Air uairean tha rudan a tha tachairt cho neònach 's gu'm bi mi a' saoil-sinn gu bheil àbhaças is dibhearsoin ann an cridhe an Urra Mhòir a tha cur mu'n cuairt cuibheal an fhortain, agus gu'm bi e a' gèireachduinn gu beag ris féin an uair a bhios a' chuibheal a' cur nan car di. Bu chòir an duine an Còirneal, ach bha aodann air cho dearg ri cìrean coilich, fada na bu deirge na aodann Chalum Chrotaich, agus air a dhath leis a' cheart stuth, ach a mhàin gu robh e a' cosd do'n Chòirneal tasdan an gloine agus nach robh e a' cosd do Chalum ach ceithir sgillinn is bonn-a-sia. Sin aon bhann a bha eadar an dithis, eadar an ciobar agus a' chaora. Ged a bhiodh Calum a' mionnachadh uair 's an t-seachduinn, cha rachadh aige air mionnachadh ach ann an aon chànan, agus cha robh e ro chuimseach orra anns a' chànan sin féin. Ach rachadh aige a' Chòirneal air mionnachadh ann an còig cànaean, agus cha b' ann idir uair 's an t-seachduinn a bhiodh e a' damnadh, ach ficeadh uair 's an latha. Ach ged a bha iad 'n am bràithrean anns an dà dhòigh so, cha bu toigh leò a chèile idir; cha bu toigh leis a' Chòirneal Calum a chionn gu robh e air

taobh nam Boers an àm cogadh na h-Afric, agus cha bu toigh le Calum an Coirneal a chionn gu'n do chuir e an gunna ri measan coin a bha aige, a bhiodh a' dol as déidh chaorach. Cha do smuainich aon de'n dithis air am bràithreachas a chumail suas, gus an do chuir bean a' Chòirneil, an comunn ud air chois, agus an do thuit an crann air a' Chòirneal, Calum Crotach a chlobaireachd.

Cha chuala Calum diog mu'n chomunn a chuireadh air chois a dh'aon ghnòthuch gus sealltainn as a dhéidh, no gu robh an Còirneal air a shòn-rachadh a mach gu bhi 'n a fhear-gleidhidh air-san. Chuir e ion-gantas air gu robh an Còirneal a' tadhall air cho tric a nis, duine nach do sheas riamh 'n a thigh roimhe. Ach shaoil e gu robh e a' miannachadh a bhi ann an réite r'a choimhearsnaich, agus a thigh a chur an òrdugh, o'n a bha an aois a' luidhe air agus am bàs a' tighinn na bu dlùithe. Mar sin bha Calum sìobhalta is furanach ris a' Chòirneal a h-uile uair a thigeadh e d'a thigh, oir ged nach robh mòran suim aige do'n diadhaidheachd e féin cha bu mhaith leis ceap-tuislidh air bith a chur ann an rathad dhaoine eile a bha ag iarraidh gu nèamh. "Agus," ars' esan ris a' ghobhainn, "tha an t-àm aig a' Chòirneal aithreachas a dheanamh, agus is mòr fheum air." B'è sin an t-aobhar gu'n do ghiùlain Calum cho réidh ri ràbhaireachd a' Chòirneil mu'n uisge-bheatha, dùil a bhi aige gu robh a choguis mu dheireadh air a dùsgadh.

Ach cha b' fhada gu an do ràinig e cluasan Chalum nach b' ann idir air ghaol a chonaltraidh, no a dheanamh fhaosaid ris, a bha an Còirneal a' tadhall air, ach a dheanamh a dhleasdanas ris, agus 'g a chlobaireachd. Ghabh Calum an cuthach; bha spiorad Chain 'n a chridhe co dhiu, ach an uair a fhuir e dileag bheag de spiorad eile air feasgar Di-sathuirne, b' fheudar do thrì de na portairean dol a chuideachadh a' ghobhainn 'g a cheannsachadh, agus e airson an Còirneal a mhort. Bha Ceit Mhòr a cheart cho dona ri Calum. Thug i ruith de'n teangaidh do bhean a' bhancair nach dìchuimhnich am boirionnach sin gu bràth, agus gus dùlain a thoirt do Chomuinn na Clobaireachd, cha do sguab i an tigh fad seachduinn.

Sin a thàinig as an oidhirp a rinn bean a' Chòirneil air beusan is modhannan a' bhaile againne a chur ceart; thog i ùb-àb nach sìolaich sìos ann an cabhaig, oir tha sinn fhathast a' deasbud na ceiste, Cò na clobairean agus cò na caoraich?

Ach ma ghabhas tusa mo chomhairle-sa, a leughadair, leigidh tu le daoine eile iad féin a chlobaireachd.

THE HISTORY OF THE
CITY OF BOSTON

The history of the city of Boston is a subject of great interest and importance. It is a city that has played a significant role in the development of the United States. The city's history is filled with events that have shaped the nation's destiny. From its early days as a small settlement to its current status as a major metropolitan area, Boston has always been a city of firsts. It was the first city to be founded in the New World, and it was the first city to have a university. It was the first city to have a public library, and it was the first city to have a public school system. Boston has also been the site of many important events in American history, including the Boston Tea Party and the signing of the Declaration of Independence. The city's rich history and cultural heritage make it a city that is truly unique and special.



TROCAIR ANNS AN LAGH.

An uair a bheir thu do d' choinhearsnach ni sam bith ann an coingheall, cha téid thu steach d'a thigh a ghabhail a ghill. A muigh seasaidh tu, agus bheir an duine d'am bheil thu toirt an coingheall, an geall a mach dhuit a muigh. Agus ma's duine bochd e cha chaidil thu le a gheall.—Deuteronomi, xxiv., 10-12.

Bithear gu tric a' labhairt mu lagh Mhaois mar gu robh e calg-dhìreach an aghaidh an t-soisgeil; mar gu robh an lagh teann is cruaidh is an-ìochdmhor, agus an soisgeul caomhail is tròcaireach. Ann an tomhas tha sin fìor, ach eadhon anns an lagh tachraidh tròcair an Tighearn ort, agus tha cuid de na reachdan a thug Maois do chloinn Israeil, ann an ainm Iehobuah, cho caomhail agus cho uasal 's ged bhiodh iad air an toirt daibh le Iosa féin. Bu mhaith leam anns an àireamh so cuid de na reachdan tròcaireach sin a chruinneachadh còmhla, los gu'm faic sibh gu bheil na thubhairt mi fìor.

Tha e ceart gu'm pàigheadh duine fhiachan, agus gu'n tugadh e air ais rud air bith a fhuair e ann an iasad, ach bha e air a theagasg do chloinn Israeil anns an lagh nach bu mhaith le Iehobuah gu'm biodh an duine bochd a bha ann an eisiomail duine eile air a chur gu nàire air dhòigh air bith. Mar sin cha robh e air a cheadachadh daibh dol a steach do thigh an duine d' an d' thug iad iasad, ach seasamh a muigh gus an tugadh e a mach thuca e. Is aithne do Dha cridhe mhic an duine, oir is e féin a rinn e; agus cha bu mhaith leis an duine bochd a bhi air a nàrachadh no air a ghortachadh le trusdar anns nach robh uaisle no faireachadh. Cha toigh le Dia daoine maol, no daoine durbhaidh, no daoine mìomhail, ach amhaircidh e air daoine caomhail, faireachdail, a tha uasal 'n an cridhe. Ma tha tuigse is uaisle ann an cridhe duine, bidh e cho modhail sìobhalta ri bean a' cheaird 's a bhitheadh e ri bean an uachdarain, agus cha dean e air an duine bhochd rud nach deanadh e air an duine bheairteach.

“Ma's duine bochd e cha chaidil thu le a gheall.” Is e a tha am facal so a' ciallachadh gu robh e air a thoirmeasg do fhear-creideis aodach duine a chumail bhuaith anns an oidhche, ma thug e seachad 'aodach mar urras no mar gheall. Gu tric cha robh rud eile aig na bochdan a b' urrainn iad a thoirt seachad mar urras ach an aodach; cha robh de chuid an t-saoghail aca ach an t-aodach

anns an robh iad 'n an seasamh. Ma bha coingheall a dhith air duine beairt ach, no airgid ullamh, dh'fhaodadh e 'achadh, no fhion-lios, no thigh, a thoirt an geall; ach cha robh tighean no achaidhean aig an duine bhochd, agus dh' fheumadh esan an fhalluinn a bha m'a dhruim a thoirt seachad. Anns an àird an Ear tha na bochdan a' cadal 'n an aodach; cho fhad 's a tha a' ghrian blàth cha 'n 'eil ionndrainn aca air an fhalluinn a dh' fhàg iad ann an làimh an fhir-creideis, ach do bhrìgh gu bheil an oidhche anabarrach fuar, cha robh an lagh a' ceadachadh do fhear-creideas falluinn an duine bhochd a chumail bhuaith anns an oidhche. Bha sin 'n a reachd caomhail. Cha mhò a bha e air a chunntas le aodhairean Israeil 'na rud uasal gu'n gabhadh marsanta ann an geall a' bhràdh no an muilteann-làimhe leis am biodh daoine a' bleith an t-sil agus a' deanamh mine. Am measg gach peacadh eile a chuir am fàidh Amos as leth Iudah, tha e ag ràdh so, “Tha iad 'g an sineadh féin aig taobh gach altarach air aodaichean a ghabhadh an geall.” Bha sin a' ciallachadh gu robh iad an-ìochdmhor agus a' deanamh fòirneirt air na bochdan.

Air uairean bidh e a' cur ionghnaidh air daoine c'ar son a tha am Biobull a' cur sìos cho trom air an duine a bha togail réidh o bhràthair. Tha gu léoir de Chrìst-uidhean an diugh a' tighinn beò air riadh an cuid airgid, ach cha 'n 'eil sin a toirt oilbheim air bith d' an coguis. Dh' fheuch Iain Ruskin r'a thoirt air muinntinn Bhreatuinn a chreidsinn gu bheil e ceàrr daibh riadh a ghabhail air son iasad airgid, ach ged a thug e dhaibh mòran de 'n sgrìobtur a dhaingneachadh a theagaisg, dh' fhairtlich air toirt orra éisdeachd ris. Cha do chreid iad aon fhacal de na thubhairt e riu, agus lean iad orra a' cur réidh 'n am pòca.

Cha toir thu air do bhràthair riadh a thoirt seachad: riadh airgid, riadh bidh, riadh ni sam bith a bheirear air riadh.—Deuteronomi xxviii., 19.

C'ar son a tha daoine an diugh a' saòilsinn ceart rud a bha na fàidhean a' saòilsinn ceàrr? Tha, a chionn gu 'n d' atharraich an saoghal gu mòr o làithean Mhaois, agus nach e idir an aon rud a tha sinne agus Maois a' ciallachadh le riadh. An uair a dh' iarras duine iasad airgid air duine eile no air banca an diugh, tha e 'g a iarraidh a' cum a ghnòthuch féin a dheanamh leis. Tha e 'g

a iarraidh air son tòiseachadh air marsan-tachd, no malairt, no obair air chor-eigin, a bhios a chum buannachd dha féin. Tha e a cheart cho cothromach gu'm pàigheadh e riadh air son an airgid leis a bheil e a' cur stuic air baile no ann am bùth 's a tha e cothromach gu'm pàigheadh e màl air son a' bhùtha no a' bhaile. Ach anns an t-seann t-saoghal cha b' ann a dheanamh malairt leis an airgid a bha daoine ag iarraidh iasad airgid, ach, mar bu bhitheanta, a cheannach arain agus a shàsachadh an acrais. B'e an duine a bhiodh ag iarraidh iasad airgid, *an duine a bha 'n a éiginn*. N' am biodh riadh air a chur air a leithid sin de dhuine, bhiodh e na bu mhiosa na bha e roimhe, agus bhiodh 'éiginn air a dùblachadh. Mar sin bha e air a chunntas 'na rud leibideach riadh a ghabhail bhuaith, agus tha na fàidhean a' labhairt gu taireil mu na daoine a ghabhadh e. Tha iad ag ràdh nach 'eil tlachd aig Dia annta na's mò na tha aig daoine.

Bha an lagh a' tòirmeasg fòirneart a dheanamh air seirbhiseach no a thuarasdal a chumail bhuaith ro fhada, "air a là bheir thu dha a thuarasdal, agus cha téid a' ghrian sìos air, oir tha e bochd agus a' suidheachadh a chridhe air, air egal, gu'n glaodh e a'd' aghaidh ri Iehobhah, agus gu'm b'e e 'n a pheacadh dhuit." Bha sin 'n a reachd tròcaireach, agus an diugh fhathast bu chòir do dhaoine a chuimhneachadh. Le cion suim no smuaineachaidh tha mòran dhaoine nach pàigh am fiachan no na cunntasan a tha aig marsantan is luchd-oibre 'n an aghaidh air an là cheart; cuiridh iad dàil anns a' ghnòthuch, agus theagamh gu'm feum an luchd-oibre feitheamh fad sheachduinnean ri airgid a tha dhìth orra gu dona. Cha 'n 'eil sin ceart, agus cha 'n 'eil e uasal do dhuine air bith a leithid a dheanamh, ged is tric a tha daoine ris an abrar uaislean 'g a dheanamh. Tha an duine glic a sgrìobh leabhar nan Gnath-fhacal ag iarraidh oirnn gun dàil a chur ann am pàigheadh ar fiachan.

Na h-abair ri d' choimhearsnach, Falbh, agus thig a ris, agus am maireach bheir mi dhuit e, an uair a tha e agad làimh riut.

Bha an lagh ag iarraidh air tuathanaich na bochdan a chuimhneachadh anns an fhoghar. "An uair a bhuaineas sibh foghar bhur fearainn cha bhuaith thu gu buileach oisinn-ean t' achaidh." Agus ma dhichuimhnicheas tu sguab 's an achadh cha phill thu 'g a togail." Bha na sguaban sin agus na hoisinn-ean ri bhi air am fàgail air son choigreach is dhilleachdan, agus air son na bantraich. Cha 'n 'eil leabhar air an t-saoghal anns am faigh thu briathran as

caomhaile agus as tròcairaiche a thaobh nam bochd na gheibh thu anns an t-seann Tiomnadh.

An ti a ni fòirneart air a' bhochd mas-laichidh e a Chruith-fhear.

Ach bheir an ti sin urram dha a ghabhas truas do'n fheumach.

Is beannaichte esan a bheir an aire do 'n ainnis

Ann an là an uile saoraidh Iehobhah e.

Cha teirig am bochd as an tìr a chaidh; uime sin tha mi ag àithneadh dhuit do làmh fhosgladh do d' bhràthair, do d' bhochd, agus do d' uireasbhuidheach a'd' dhùthaich.

An ti a ni tàir air a choimhearsnach peacaichidh e, ach is sona an ti a ghabhas truas de na bochdan.

Ma dh' fhàsas do bhràthair bochd maille riut, agus gu'n reic e e féin riut, cha toir thu air seirbhis a dheanamh mar thràill.

Cha 'n 'e mhàin gu robh an lagh a' teagasg do dhaoine a bhi uasal is tròcaireach ri càch a chéile ach bha e a' teagasg daibh cuideachd a bhi tròcaireach ris a h-uile creutair beò. "Ma tharlas do nead eòin a bhi romhad ann an craoibh air bith, no air an làr, le eòin òga, no le uibhean, agus a' mhàthair 'n a suidhe air na h-eòin òga, no air na h-uibhean, cha ghlac thu a' mhàthair maille ris na h-eòin òga." Bha an lagh ag innseadh do mhuintir Israel nach e mhàin gu robh Iehobhah a' gabhail cùram do dhaoine, ach do eòin an adhair agus do dhaimh. "Ma chi thu asal duine aig a bheil fuath dhuit a' luidhe fo a h-eallach, agus gu'm b' àill leat fantuinn o chòmhndadh a dheanamh rithe, ni thu gu cinnteach còmhndadh rithe." A réir an lagha bha fois na Sàbaid ri bhi air a thoirt do na h-ainmhidhean cho mhaith ri mac an duine. Am measg gach àithne eile a thug Maois do mhuintir Israel ann an ainm Iehobhah thug e dhaibh i so, "Cha bhruich thu meann ann am bainne a mhàthar." Tha an àithne so car neònach, agus tha cuid de sgoilearan am beachd gur h-e an t-aobhar gu robh so air a thoirmeasg, gu robh am bainne air uisneachadh air son achaidhean is fion-liosan a sheunadh o bhuidseachas. Bha gisreagan is geasadaireachd cumanta gu leòir am measg chloinn Israeil, ach cha chuala mi riamh iomradh air a' chleachdadh so a bhi 'n am measg, agus tha mi an dùil gur fheàrr dhuinne a chreidsinn gur h-e an t-aobhar gu robh an àithne so air a thoirt daibh, gu'm bu mhaith le Iehobhah a theagasg daibh gun an t-easurram a bu lugha a dheanamh air ni cho naomh ris an daimh mhàthaireil.

Bha e air iarraidh orra a bhi coibhneil is faireachdail ri daoine air an robh uireas-bhuidh; “cha mhallaich thu an bodhar agus roimh an dall cha chuir thu ceap-tuislidh.” Nach bu mhaith na’n robh na facail sin air an sgrìobhadh air clàr iaruin no umha, agus air an ceangal le slabhruidh mu amhaich a h-uile duine aig a bheil motor càr. An dé fhéin, air beulaobh mo thighe, thàinig mi air duine ann an càr agus e a’ damnadh seana bhoirionnach, a chionn nach do leum i as an rathad air clis gu leòir, agus gu’m b’ fheudar dha stad leth mionaid. Bha an creutair truagh cho bodhar ’s nach cluinneadh i muileann-bualaidh as a déidh gun tighinn air càr. Is ann a their iad riut gu dalma nach ’eil còir aig bodhair is doill a bhi air an rathad idir, ach na’m b’ aithne dhaibh Maois dh’ innseadh e atharrachadh sin daibh.

Ach cha ’n ’eil e iongantach idir gu robh tròcair anns an lagh, oir b’ ann o Dhia a bha e, agus o thoiseach an t-saoghail bha Dia a’ feuchainn ri toirt air a chloinn a chreidsinn gu bheil e féin caomhail is tròcaireach, agus gur toigh leis cuideachd a chlann a bhi bàigheil, faireachdail, coibhneil; tròcaireach ri daoine agus ri ainmhidhean.

A’ GHORT ANN AN RUSSIA.

Tha fhios aig a h-uile duine a bhios a’ leughadh nam paipearan gu bheil gort uamhasach ann an Russia am bliadhna. A dh’ aindeoin gach adhartas a thàinig air an t-saoghal bho linn Abraham, dh’ fhairtlich air daoine iad féin a dhìon gu buileach bho ghort, agus an dràs d’ s a rithist tha na dùthchannan, agus gu sònruichte dùthchannan na h-àird an Ear, air am fiosrachadh le gainne chruaidh. Am bitheantas is e turadh fada is cion uisge a tha ’g a aobharachadh, air chor agus nach ’eil ionghnadh ann gu ’n d’ thuirte seann fheallsanach “gur e uisge màthair nan uile nithean.”

Bha tiormachd gu leòir againn fhéin anns an t-sàmhradh a chaidh seachad, agus tha am bàrr aotrom ann an iomadh àite ’s an dùthaich. Ann an àitean cha do thuit aon fhras fad dà mhios. Ach bu bheag an tiormachd a bha againne làimh ris an tiormachd a bha ann an ceàrnan de Russia. Chaidh am beagan barra a dh’ fhàs air theine leis an teas, agus bha mìltean de achaidhean air an deanamh cho lom dubh ri druim faochaig.

Ach tha aobharan eile air a ghort a thuilleadh air an tiormachd. An uiridh agus a’ bhliadhna roimh sin thug Lenin agus an luchd-riaghadh a’ chuid a bu mhò de ’n bhàrr air falbh o na tuathanaich bheaga aig an d’

fhàs e. Dh’ fhàg iad aca na bheathaicheadh iad féin; ach thug iad bluapa, air son feum na staide, na bha aca a bharrachd, gun dad a thoirt daibh air a shon. Ach chuir na tuathanaich bheaga sin romhpa (sin an seòrsa a tha ag oibreachadh an talanta ann an Russia uile gu léir) nach biodh iadsan ’n an tràillean aig gu Lenin, agus mar sin cha do chuir iad uiread sìl am bliadhna ’s a b’ àbhaist daibh. Cha do chuir iad ach na dh’ fhòghnadh dhaibh féin. Ach thàinig an tiornachd, agus cha d’ fhàs na chuir iad, agus tha na tuathanaich sin an diugh cho dona ris an fheadhainn aig nach ’eil fearann idir.

A thuilleadh air sin cha ’n ’eil sgoinn anns an luchd-riaghlaidh; tha na rathaidean dona, agus cha ’n ’eil e furasda biadh a chur do àitean iomallach far a bheil e gann.

An toiseach bha daoine anns an dùthaich so ag ràdh nach robh na naigheachdan a bha anns na paipearan mu’n ghort fìor, agus nach robh cor Russia cho dona ’s a bhatar a’ cluinntinn. Ach chaidh daoine creideasach is daoine tùrail a mach do Russia, a dh’ fhaicinn le an suilean féin, ciamar a bha cùisean, agus tha iad sin ag innseadh dhuinn a nis nach cualas an dara leth mu chor uamhasach nan daoine a tha bàsachadh leis an acras. Cuiridh an naigheachd a thug iad air ais ’n ar cuimhne an cunntas a tha anns a’ Bhiobull air a’ ghort a bha ann an Samaria, an uair a bha ceann asail air a reic air cheithir fichead bonn airgid, agus làn sluasaid de shalchar calumain air chòig buinn airgid. (ii. Rìgh, vi., 25.)

Tha an seòladair ainmeil, an sgiobair Nansen, air e féin a chur air cheann a’ chomunn a tha feuchainn ri cobhair a dheanamh air na leanaban acrach ann an Russia. Anns a h-uile dùthaich tha daoine a’ toirt seachad airgid air son muinntir Russia a chuideachadh, agus bidh an t-airgid sin air a riaghladh le Nansen agus daoine creideasach eile ris am faodar earbsa gu’m bi e air a chur gu buil cheart. Cha ’n fhaigh Lenin no aon eile de ’n droch sgioba a tha riaghladh Russia an corragan a chur air aon sgillinn dheadh.

Tha crioman beag de ’n t-seann Adhamh annainn uile, agus crioman mòr ann an cuid againn, agus bithear ag radh, C’ar son a chuireamaid-ne sinn féin mu’n cuairt air son muinntir Russia; cha ’n ’eil sinn fo chomain sam bith dhaibh; theab sinn an cogadh a chall air an tàillibh, agus a nis o’n a rinn iad an leaba ann an ifrinn luidheadh iad innte. Ach ged a chluinnear a’ chainnt sin gun teagamh, creid thusa mise nach cainnt i a bu chòir a bhi air bilean slugh an Tighearna. Sin agad an seann Adhamh a’ labhairt, agus an t-seann nathair a’ togail a cinn, ach

thàinig Criosd a chum gu'n sgrìosadh e ceann na nathrach. Tha iad a' bàsachadh leis an acras, agus is leòr an reuson sin air an cuid-eachadh. Mur dean sinn e thig sinn fo dhìtheadh ar Maighstir, oir -thuirt esan, "Ma's ann air 'ur bràithrean a mhàin a chuireas sibh fàilte, cìod a tha sibh a' deanamh thar chàich? Nach 'eil na cinnich féin a' deanamh an nì ceudna?" "Ma tha do nàmhaid acrach thoir dha biadh; ma bhitheas e tartmhor thoir dha deoch." Sin agad an dòigh a tha Pol a' comhairleachadh dhuit do nàmhaid a chosnadh, agus is fheàrr dhuit daonnan Pol a leantuinn seach guth an t-saoghail.

Tha dlith air dà fhichead muilleann a' fulang leis a' ghort; tha caoban mòra de'n dùthaich cho lom fàs 's nach 'eil mìr bidh annta do dhuine no do bheathach, agus tha sluagh nan àitean sin air an dachaidhean fhàgail agus a' siubhal siar an tòir air biadh, mar gu'm biodh ainmhidhean ag ionatrath. Tha iad ag iomain an cuid spréidhe romhpa, agus 'g an itheadh aon as déidh aoin. Seann daoine, is daoine anfhann, is leanaban, tha na mìltean dhiubh a' bàsachadh, agus air am fàgail as déidh chàich, ri taobh an rathaid. Tha forfhais aig Mghr. Lloyd George nach 'eil againne mu chor Russia, agus thuirt esan gur h-e so fàsachadh is sgrìos as mò a thàinig air an t-saoghal o chionn cheudan bliadhna. Cìod a ruigear a leas a ràdh an uair a thionndas pàrantan an cùlaobh air an cloinn? Nach leòr an innseadh sin air an staid namhasach anns a bheil mòran de mhuintir Russia! Tha pàrantan a' tilgeadh bhupa am pàisdean, agus ag itheadh feòir is luibhean mar na h-ainmhidhean.

Cha ruig duine air bith a leas an lethsgèul a ghabhail gu bheil bochdan anns an dùthaich so a tha feumach gu leòir air an cuideachadh, agus gur dlìgheach rud a thoirt d' ar daoine féin seach do mhuintir Russia. Tha bochdan againne gun teagamh aig an àm, agus faodaidh gu'm bi obair na's duiliche fhaotainn anns a' gheamhradh na tha i fhathast, ach taing do Dhia, cha bhàsaich duine anns an dùthaich so leis an acras. Seallar as an déidh, ach cha 'n urrainn Russia a dheanamh r'a sluagh an rud as urrainn Breatunn a dheanamh r'a sluagh féin, agus cha 'n 'eil air thoiseach air na mìltean anns an dùthaich sin ach am fàs mur dean rìoghachdan eile cobhair orra.

Tha cinn nan eaglaisean uile (eaglais na h-Alba agus an eaglais Shaor, an eaglais Shasunnach agus Baistich, agus feadhainn eile) ag iarraidh air an sluagh trècair a dheanamh air Russia, ùrnuighean a chur suas ri Dia air a son, agus tabhartas a thoirt d'a daoine acrach, a réir mar a shoirbhich Dia

leinn. Ann am mòran eaglaisean bha cruinneachadh airgid air a dheanamh air a shon so air an dara Sàbaid de'n mhìos a chaidh seachad. Ann an eaglais dùthcha nach ruig mi a leas ainmeachadh bha rud air a thogail do na Russianaich air an là anns an robh buidheachas air a thoirt do Dhia air son am Fhoghair, agus bha e furasda gu leòir fhaicinn o'n t-suim a thug an coimhthional seachad gu'n do bhean cor Russia r'an crìdheachan. Cha 'n 'eil aig ministearan ach an naigheachd bhronach innseadh, agus an t-airgiod iarraidh, agus gheibh iad e gu fialaidh agus gun mhaoideadh. Oir tha trècair ann an crìdheachan dhaoine gu nàdurra, agus tha barrachd coibhneis is caomhalachd annta na tha annta de spìocair-eachd no de fhuath.

A mheud agus gu'n do rinn sibh e d aon de na bràithrean so agam-sa, eachdon dhaibhsan as lugha, rinn sibh dhòmhsa e.

CEOL ANNAD FEIN.

Creid mi cha tig stoirm no gaillionn
As an adhar deas no tuath,
Mar a dh' éireas anns an anam,
'Nuair a shéideas carraid chruaidh.

Annad féin tha 'n ceòl a ghluais thu,
Air a luasgadh leis an teud;
Gleus gu tuireadh, 's gleus gu luathghair,
Fuaighte riut 's gach àite an téid.

Ceòl o'n d' fhuair thu gach nì luachmhor
Ris a bheil gach buaidh an sàs;
Ceòl ad chridhe—ceòl ad chluasan,
Fad do chuairt o d' bhreith gu d' bhàs.

An ceòl as binne 's 'eòl do'n fhilidh,
Cha tog pìob no fiodhall suas;
An ceòl thig uairean anns a' chridhe,
'S nach gabh liobhairt anns a' chluais.

Chaidh an nì so thar do thuigse!
Bheil tu tuigsinn nì fo'n ghréin?
Cìod an stéidh air an do chluich mi?
Chluich air t' fhaireachdainnean féin.

Ach cha tusa mhàin tha umhail:
Nàdur uile, ann an seòl,
Bho cheud bhunait gu clach mhullaich,
A ceum siubhail dol ri ceòl.

'S 'n uair a ruigeas i a cùrsa,
Togaidh guth na duduich chruaidh
Ceòl a leughas sìos na dùilean;
Ceòl a dhùisgeas tu 's an uaigh!

Dòmhnall MacEacharn.



AG ATH-CHEANNACH NA H-AIMSIR.

Ach an uair a thàinig latha-breith Heroid, rinn nighean Herodiais dannsa 'n an làthair.—Mata, xiv., 6.

Na'n robh Herod cho glic 's a bha e sean cha b' ann air cuirm no dannsa a bhiodh 'aire air a latha-breith; dh' fhaodadh e an là a chur seachad ann an dòigh a b' fheàrr. Ach cha robh Herod glic, agus idir idir cha robh e diadhaidh, agus mar sin cha robh rud air an t-saoghal a bu lugha air na làithean a bheatha àireamh. Rinn e suipeir d'a dhaoine mòra, agus d'a àrd-cheannardan, agus do mhaithean Ghalile, agus b'e sin a' chuirm! Cuirm aig an robh òl is ceòl is dannsa; gleadhraich is cuthach na misge. Ach bha a' bhuil, agus m'an do chrìochnaich an oidhe rinn Herod gnòmh cho brùideil agus cho oillteil 's gu'm b' fheàrr da nach do rugadh riamh e. Far a bheil an t-òl, tha peacadh; agus far a bheil am peacadh, beiridh e bàs.

Tha iomradh againn anns a' Bhiobull air duine eile a rinn cuirm air co-aínm a latha-breith, Pharaoh rìgh na h-Eiphit. Ach bha droch dheireadh aig a' chuirm sin cuideachd, oir chroch e aon d'a sheirbhisich. Theagamh gu'n do thoil am fuineadair a chrochadh, ach bu dona an cuimhneachan do Pharaoh air a latha-breith, gu'm b'e sin an là air an deachaidh duine d'a dhaoine a chrochadh.

Cia mar a bhios tusa, a leughadair, a' cur seachad co-aínm do latha-breith, agus ciod e na smuaintean a bhios ann ad chridhe? Tha aon smuain a bhios ann am chridhe féin glé bhitheanta a nis, gu'm b' fheàrr leam nach robh an là a' tighinn cho tric. Na'm b' urrainn domh a dheanamh, chuirinn stad air uaireadair mo bheatha, agus leiginn leis an uair a bhi mar a tha i gu bràth tuilleadh, no co dhiu gus am faicinn gu robh mi a' fàs sgìth de 'n t-saoghal.

Cha toigh le duine air bith a bhi fàs sean, ach air a shon sin, ma tha duine glic cha bhreab e an aghaidh nan dealg, agus cha 'n fheuch e ri chur mar fhiachaibh air fhéin no air daoine eile gu bheil e aig leth-cheud an ni a bha e aig deich ar fhichead. Ach ma bhios e toilichte leis na sòlasan a tha freagarach do leth-cheud, gun fharmaid aige ri fuil theth is ceum aotrum nam balach a tha fhathast ris an iomain chaman, theagamh gu'm bi fion na beatha cho milis aig leth-cheud 's a bha e riamh.

Tha mi an dùil gu bheil mòran d'ar sonas an crochadh ri faireachduinnean taingeil a bhi 'n ar cridheachan air son maitheas is tròcair an Tighearna dhuinn. Agus tha mi cinnteach gu bheil barrachd de'n t-sonas so aig seann daoine is leth-sheann daoine na tha aig an òigridh. Sin aon dòigh anns a bheil an aois na's fheàrr na 'n òige, gu bheil taing-ealachd do Dhia a' meudachadh leis na bliadhnaich. Mhothaich mi do'n rud so annam fhéin, agus mhothaich mi dha ann an iomadh leabhar a leugh mi mu bheatha dhaoine eile. Ma bheir thu an aire ciod na smuaintean a dh' éirich 'n an cridheachan air co-aínm an latha-breith, agus ciod a sgrìobh iad 'n an leabhar-latha, chì thu gu bheil so fìor,—roimh dhà fhichead bha i a' gealltainn daibh féin rioghachdan ùr a cheannsachadh, is sòlasan is fiosrachadh ùr fhaotainn; ach as déidh dà fhichead tha iad taingeil gu bheil sìth is sàmhchair anns an rioghachd a tha aca, agus gu bheil a' dol aca air a riaghladh gun an nàire no an creideas a chall. Co dhiu, tha an faireachduinn so ann am chridhe féin. A h-uile uair a chuireas a' chuibheal car di, agus a thig an là a tha cur 'n am chuimhne gu bheil mi bliadhna eile na's sine, tha e 'g am dheanamh taingeil is toilichte, taingeil gu bheil mo shlàinte is mo chiall agam, is ùgh 'n am obair.

Nach bu mhòr am mùghadh eadar an dòigh anns an do chuir Herod seachad co-aínm a latha-breith agus an dòigh anns an do chuir an duine diadhaidh, Tomas Boston, seachad e. "Chrìochnaich mi an diugh an leabhar a bha mi a' sgrìobhadh fad a' gheamhraidh mu'n Eabhra, agus chuir mi e an làthair an Tighearna mar ìobairt-bhuidheachais, oir is e Dia a thug dhomh neart is solus is còmhnadh an obair so a dheanamh. An sin sheinn mi na h-earrannan mu dheireadh de'n aona Salm thar an trì fichead, an t-salm a chuir an toiseach ann am cheann an leabhar so a sgrìobhadh. Tha mo bhodhig an diugh na's fheàrr na bha i an uiridh; tha an Tighearna maith is gràsmhor." Cha robh Boston ach dà fhichead 's a h-aon deug an uair a sgrìobh e so, ach shiubhail e 'n a dhuine òg. Shiubhail e aig sia deug is dà fhichead, ach ged tha e marbh tha e fathast a' labhairt. Mur bheil mòran dhaoine an diugh a' leughadh "*Camadh 's a Chrann-chur*," tha iarmad beag ann fhathast a bhios a' tarruing comhfurachd is faighidinn is gliòcas as an leabhar sin.

An uair a ràinig sgoilear ainmeil trì fichead 's a deich sgrìobh e gu caraaid a b' àbhaist tighinn 'g a amharc air co-ainm a latha-breith, "Fan air falbh am màireach agus na tig 'g am fhaicinn idir; cha 'n 'eil feum ann a bhi a' guidhe sonas no sìneadh làithean do dhuine aig m' aois-sa." Ach faodaidh duine a bhi 'n a sgoilear maith gun a bhi 'n a dhuine glic; agus b' fheàrr leam an t-Ullamh MacIain a bhi air mo thaobh seach fichead de sheòrsa an sgoileir ud. Bha esan de 'n cheart bheachd ris an t-salmadair, nach trom an t-eallach bliadhna a bharrachd, agus gur còir duinn na làithean a tha Dia a' toirt duinn a ghabhail gu taingeil agus gu toileach. "Iadsan a shuidichear ann an tigh an Tighearna, ann an cùirtibh ar Dé-ne thig iad fo bhlàth: fathast 'n an seann aois bheir iad a mach toradh; sultmhor agus ùr bithidh iad." Am measg gach beannachd eile a tha Dia a' toirt dhaibhsan a tha fantuinn 'n a cho-chomunn tha e ag ath-nuadhachadh an òige.

An là a bha e seachd bliadhna fichead sgrìobh Tomas Carlyle an litir so gu mhàthair: "An diugh tha mi seachd ar fhichead; nach mi an slaod gun fheum! An do rinn mi dad idir anns an t-saoghal as fhiach ainmeachadh, no a bheireadh sòlas dhuibh-sa a dh' araich mi? Tha caob mhaith de'm bheatha a nis seachad, ach mo thruaighe, tha mi fhathast air chuairt ann an Mesech, agus a'm' chòmhnuidh ann am bùthaibh Chédair. Gu'n t-gadha Athair nan dùl neart dhomb a chum feum as fheàrr a dheanamh de na làithean a tha fhathast air thoiseach orm, air chor agus gu'n crìochnaich mi an obair a thugadh dhomb, agus an sin gu'n caidil mi ann an sìth, agus an dòchas sona na h-aireirigh." An uair a thàinig an t-àm gu triall air Carlyle tha mi 'n dùil nach rooh ach glé bheag de dhòchas na h-aiseirigh 'n a chridhe (co dhiu anns an dòigh anns a bheil an eaglais ag altrum an dòchais sin), oir thuit e air falbh o'n teagasg a thug 'athair dha; ach gheibh thu daonnan blas a' chràbhaidh air na litrichean a sgrìobh e gu mhàthair. Theagamh nach bu mhaith leis ise a ghortachadh. Ach cha b' ann air son so a ràdh a thug mi tarruing air Tomas Carlyle, ach a chionn gu bheil na smuaintean anns an litir ud coltach ris na smuaintean a bhios ag éirigh 'n ar cridheachan féin air co-ainm ar latha-breith. Cha 'n e bòilich no faoineas no uabhar a bhios air ar n-àire aig an àm sin, ach féin-dhètheadh gu bheil sinn a' caitheamh uiread d' ar n-ùine ann an dìomhanas, agus rùn làidir feum as fheàrr a dheanamh d' ar comasan agus d' ar cothromanna na rinn sinn cheana.

Tha e mar fhiachadh air pàrantan a h-uile innleachd a chleachdadh gus cridheachan an cloinne a thàladh gu Dia agus gu Crìosd a shaor iad, agus aon uair 's a bhliadhna co-dhiu tha cothrom maith aca air siol na rioghachd a chur ann an talamh maith. Ma bhios iad an sàs anna gun sgur, 'g an ceasnachadh a thaobh an creideamh agus an cor spioradail, cha dean sin ach cron an àite maith, oir cha toigh le cloinn a bhi air an cur ann am bocsa nam mionn, mar gu'm b' eadh, a h-uile latha deug 's a' bhliadhna a thoirt seachad fianuis m' an creud is m' am pàidir. Ach aig amannan sònruichte tha e an dà chuid nàdurra is freagarrach gu'n labhradh pàrantan gu sòluimte r' an cloinn mu na nithean cud-thromach sin air am bi sin uile a' smuaineachadh leinn fhéin, ged nach bi sinn ro thrì a' labhairt umpa, agus is e aon de na h-amannan sin co-ainm an latha-breith. Ma tha mac no nighean agad-sa, a leughadair agus iad air falbh o'n tigh, aig an obair no aig an ionnsachadh anns a' bhaile mhòr, cha saoilinn ach glé bheag dhiot na'n leigeadh tu co-ainm an latha-breith seachad gun litir ghaoil a chur thuca, agus gun feuchainn r'an cridheachan aomadh gu Dia, agus an smuaintean a shocruchadh air nithean urramach is beusach is fìor-ghlan. Cha mhò a shaoilinn ach glé bheag de ghille òg air bith nach deanadh fiughair ri litir mar so air co-ainm a latha-breith, litir a bha air a sgrìobhadh le màthair dhiadhaidh. "A Mhic ghaolaich, bidh tu am màireach fichead bliadhna, agus tha mise is t' athair a' cur ar beannachd thugad. Tha sinn taingeil do Dhia gu bheil thu air do chaomhnadh gus a so dhuinn, agus a' guidhe gu'm bi thu air do chaomhnadh gu bhì dhuinn 'n ad chrùn gairdeachais 'n ar seann aois. Ma bhios tusa sona, bidh sinn sona cuideachd, ach cuimhnich, a mhic, nach 'eil sonas ceart r'a fhaotainn mur tabhair thu suas do shlighean do Dhia. Tha sinn toilichte a chluinntinn gu bheil companaich agad a bhios a' dol do'n eaglais; cha bu mhaith le t' athair gu'n deanadh aon d'a chloinn dearmad air tigh an Tighearna. Tha sinn uile a' cunntas nan làithean gus am faic sinn thu, agus a' guidhe gu'm bi beannachd an Tighearna maille riut am màireach agus a h-uile là eile." Ged nach taisich an litir so do chridhe-sa, a leughadair, 'g a faicinn air an duilleig fhuar so, cha b' ann mar sin a bha i do'n bhalach ud, 'g a faicinn ann an làmh-sgrìobhaidh a mhàthar.

Aig an àm so de'n bhliadhna (deireadh na bliadhna) cho mhaith ri co-ainm ar latha-breith cha'n urrainn duine gun seòrsa

de fhiamh a ghabhail leis an luath s leis a bheil ar n-uine air thalamh a' dol seachad. "Bla mo làithean," tha Iob ag ràdh, "na bu luaithe na gille-ruith; ghabh iad seachad mar na longaibh luatha; mar an iolaire a' dol air iteig a chum cobhar-taich." An uair a chuimhniceas mi air sin cha b'ann mar a chuir Herod seachad an là a bu mhaith leam co-anm mo lathabhreith a chumail; b' fheàrr leam a chur seachad mar a b' àbhaist do'n duine ghlic agus dhiadhaidh, an t-Ollamh MacFain, a dheanamh, 'ga cheasnachadh fein, agus ag ùrnuigh.

ANNS A' CHATHAIR.

An àm a' chogaidh bhithinn a' cluinntinn nam balach a' seinn òran anns an robh e air a ràdh nach tig am bàs idir air seann saighdearan. Cha robh mi a' tuigsinn ciamar a ghabhadh so a bhith, agus bha an rud a' cur ionghnaidh orm fad iomadh latha, ach fhuair mi a' mach bho chionn ghoidid eòd a tha an t-òran a' ciallachadh, agus co iad na seann saighdearan air nach tig am bàs. Innsidh mi dhuit ciamar a thàinig an solus thugam.

Thàinig e thugam air an t-Sàbaid, ann an tigh an Tighearna, agus mi ag éisdeachd ri duine còir (ach duine maol) a bha searmonachadh. Ann an searmon nach robh anabar-rach fada dh'innis e ceithir naigheachdan, ach cha robh dreach na firinn air gin dhiubh. Cha ruig mi leas an cur sìos air an duilleig so, oir tha mi cinnteach gu'n cual thu fichead uair cheana iad. Cha 'n'èil mòran dhaoine anns an dùthaich a bhios a' dol do 'n eaglais nach cuala mu'n bhalach a chaidh a ghoid ùbhlàn Di-dòmhaich agus a bhris a chas, a' streap na craoibhe. No mu'n ana-creideach a bha air iompachadh an uair a bha am bàta leis an robh e a' gabhail an aiseig air a tilgeadh air na creagan leis an stoirm. Bha bliadhnachan o nach cuala mi iad gus an là ud, agus shaoil mi gu'n robh iad air am bàirlinn-eachadh as a' chùbaid uile gu léir, ach cho luath 's a mhothaich mi dhaibh a' togail an cinn as ùr leum an smuain 'n am inntinn, so na seann saighdearan air nach tig am bàs idir. So na naigheachdan a bhiodh na balaich a' seinn an cliù.

Cha 'n'èil dad agam-sa an aghaidh mhinistearan a bhi ag aotramachadh agus a' soillseachadh an teagaisg le naigheachdan, ach bu mhaith leam dreach na firinn a bhi air an naigheachd. Na'n robh mi a' bruidhinn ri ministearan òga, chomhairlichinn

daibh gun ghnòthuch a ghabhail anns a' chùbaid ri naigheachd nach 'eil fìor, no ri naigheachd a tha teagasg rud ceàrr, rud nach 'eil a réir teagasg Chrìosd. Faodaidh e bhith gu'n do bhris am balach a chas Di-dòmhaich, agus gu robh e air dhroch thurus an uair a dh'èirich an driod-fhortan ud dha, ach saoilidh mi gu bheil fichead dòigh ann a b' fheàrr dhuit a ghabhail air olcas na meirle is olcas briseadh na Sàbaid a chur fa chomhair inntinnean dhaoine na bhi a' maoidheadh chasa briste orra. Dh' fhaodadh aon de'n luchd-éisdeachd a ràdh riut gu'm b' aithne dhasan foirfeach a chaidh as a' chruachan a' dol do'n eaglais, no gu'm b' aithne dha duine a bha air a bhualach le teine-adhair aig tòrradh a mhàthar, no gu'm b' aithne dha duine a shiubhail, agus e air a ghlùinean ag ùrnuigh; ach cha dearbhadh sin gu robh e ceàrr do'n fhoirfeach dol do'n eaglais, no gu'm bu chòir do dhaoine ùrnuigh is tòrraidhean a thoirt suas. A thuilleadh air sin tha a' mheirle cho ceàrr Di-luain 's a tha i Di-dòmhaich, agus mu choinneamh aon bhalach a bhris a chas, a' goid ùbhlàn, ghoid fichead balach ùbhlàn (is peuran cuid-eachd) gun bheud a dh'èirigh dhaibh.

Tha naigheachd agam-sa mi fhéin mu dhà bhalach a ghoid ùbhlàn. Là a bha iad a' tighinn dhachaidh as an sgoil faicear craobh ann an gàradh a' mhinistear, agus na meanglain oirre a' lubadh le cudthrom nan ùbhlàn. Bha deirge nan ùbhlàn cho ùrar dearg 's gu'n dùisgeadh e miann ann an cridhe manaich gun tighinn air beul balaich. Sheall iad shìos is shuas, ach cha robh duine r'a fhaicinn; leum iad an gàradh (gun an casan a bhriseadh) agus ann an dà mhionaid bha am pòcanna agus màiladean nan leabhraichean làn de'n mheas thoirmisgte. Sin a' cheud chuid de'n naigheachd; na'n robh i ri bhi air a h-uisneachadh air son feum cràbhach anns a' chùbaid, no anns an sgoil Shàbaid, b'e a' chrìoch a bhiodh aice gu'n deachaidh am beag gus am mòr; o ghoid ùbhlàn gu'n deachaidh na balaich ud air an aghaidh gu goid chearc, agus o ghoid chearc gu goid chaorach, agus air a' cheann mu dheireadh gu'n do nàraich iad an càirdean, gu'n do bhris iad cridhe am pàrantan, agus gu'm b'e an leaba am prìosan. Ach cha bhiodh facal firinn ann an sin. Is aithne dhomh-sa na balaich, agus tha iad a cheart cho onorach riut féin, a leughadair; tha iad le chéile 'n an gillean òga an diugh, stuama is beusach is measail, agus dh' fhaodadh tu rud a b' fheàrr na cearc no caora earbsa riu.

So agad naigheachd eile a bhios gu tric air

a tarruing a mach leis na searmonaichean a bhios ag iomairt le seann saighdearan. Bha sgiobair diadhaidh ann uaireigin a thug leis a bhean air bòrd. An déidh do'n luing seòladh dh' eirich an stoirm, agus bha eagal air a' bhoirionnach gu'n ràghadh i fodha. Ach cha robh eagal no giorag air an sgiobair. Chuir so iongnadh air a mhnaoi, agus thuir i ris, "Ciamar is urrainn duit a bhi cho ciùin foisneachail 'n a leithid so de stoirm." An àite freagairt a thoirt dhi, chaidh an sgiobair sìos d'a sheòmar far an d' fhuair e corc, aon de na corcan mòra sin a bhios aig feòladairean. Thàinig e air ais agus a' chore aige 'n a làimh, agus gun dad a ràdh, chuir e bàrr na cuirce ri broilleach a mhnatha, "A bheil eagal ort a nis," ars' esan? "Cha 'n 'eil," ars' ise. "C'ar son nach 'eil," ars' esan? "Tha," ars' ise. "a chionn gu bheil a' chore ann an làimh mo dhuine féin, agus gu bheil gaol cho mhòr aige orm 's nach goirtich e mi." "S eadh dìreach," ars' esan, "cuimhnich gu bheil fhios agam-sa cuideachd co ann a tha mi a' creidsinn; gu bheil fhios agam air a' ghràdh a tha aig m'athair nèamhaidh dhomh, agus gur h-ann na làimh-san a tha an fhairge agus an stoirm."

Ma dh' fhaodas mi a ràdh gu sìobhalta theirinn nach 'eil dreach na firinn air an naigheachd. Na daoine aig a bheil gaol air an fhìrinn, aithnichidh iad i air a dreach, agus a thaobh iomadh rud a chluinneas agus a leughas tu, sin an aon chinnt as urrainn duit a bhi agad. Tha e duilich do dhuine éisdeachd gu toileach ri amadain ann an àite air bith, ach gu'n seachnadh Ni-maith oirnn ciou-mothaich anns a' chùbaid. Air sgàth na firinn agus urram tigh an Tighearna, tha mi an dòchas gu'm beir an t-Aog air an sgeulachd ghrannda so nach 'eil idir freagarach air son firinn no fireantachd a theagasg.

Ciod a shaoileas daoine cneasda de dhuine air bith a dheanamh air a mhnaoi mar a rinn an sgiobair ud? Baothaire gun tùr gun fhaireachduinn! Ri peasanachd ann am meadhon na stoirme! Cha b'ann ri sgiobaireachd a bu chòir dha a bhith, air clàr luinge, ach ri cluicheachd ann an tigh nan dealbh. Ma chaidh e sìos do'n fhairge air longan agus ma rinn e obair air uisgeachan mòra, cha d' fhoghlum am peasan gliocas, agus cha mhò a chunnaic e oibre iongantach an Tighearna 's an dòimhne.

Ach ma tha an naigheachd fìor, ciod a tha i a' teagasg? So an teagasg a tha 'n a h-

earball, nach leig Dia le duine d'a bheil gràdh aige a bhi air a bhàthadh. Tha sin calg-dhìreach an aghaidh teagasg a' Bhiobuill, agus bu cho mhaith dhuit puinnsean a chur ann an corp do chloinne ri beachdan de'n t-seòrsa sin a chur 'n an inntinn. Bha gràdh aig Dia d'a Mhac, ach leig e le Mhac a bhi air a cheusadh. Bha gràdh aig Dia do mhìle duine air an d' thàinig bàs obann, le mharbhadh no bhàthadh.

Na'n d' thuir bean an sgiobair mar a thuir Iob, "ged mharbh e mi, gidheadh earbaidh mi as," ghabhadh leasan ceart a bhi air a thoirt as an naigheachd, ach cha b'è sin a thubhairt i, ach "tha gaol cho mhòr agad orm 's nach goirtich thu mi." Agus tha e soilleir gur h-e an leasan a bu mhaith leis an sgiobair féin a theagasg dhi, gu robh e cinnteach nach bàthadh Dia e, agus mar sin gu robh e furasda dha a bhi ciùin. Gu dé a tha sin ach am puinnsean? An uair a shéideas an stoirm agus a dh' éireas a' mhuir cha 'n 'eil smuain aca co dhiu a tha na daoine a tha a' strì riu maith no dona, diadhaidh no aindiadhaidh. Rùisgidh an stoirm bothan na bantraich dhiadhaidh le cho bheag faireachduinn 's a leagas i a' chraobh anns nach 'eil beatha. Is coma leis a' chuan co dhiu is Criosduidhean no Turcaich no Iudhaich an fheadhainn a theid a mach air. Bheir e dhaibh an rud a bheir e, gun chlaon-bhàigh ri aon neach seach neach eile, agus cha 'n fheadraich e ceist dhiubh m' an creud no m' am paidir.

Sin fasan na mara, agus cha bu mhòr a b' fhiach sgiobaireachd an duine ud, 'n uair nach d' ionnsaich e an uiread sin. Na'n robh na bu mhotha de'n duinealas ann agus na bu lugha de'n chràbhachd, na bu mhotha de eagal diadhaidh agus na bu lugha de'n pheasanachd, phaisgeadh e a bhean r'a chridhe, an uair a ghabh i an t-eagal, agus dh' abradh e rithe, "Tha sinn ann an làmhan an Tighearna, ach feumaidh mise, a luaidh, a bhi ciùin, a chionn gu bheil beatha dhaoine eile an earbsa rium."

Ann an searmonachadh an t-soisgeil is sona am fear aig a bheil a bholg-saighead làn de naigheachdan cearta, oir anns a' chùbaid tha naigheachd mar shaighead ann an làimh gaisgich, agus gheibh i aire dhaoine nach fhaighear gu furasda air dhòigh eile, ach as uchd Mhaithéis leigeamaid leis na seann saighdearan am bàs fhaotainn agus fois a ghabhail anns an uaigh, agus na tugamaid a steach do'n chùbaid samhhladh no naigheachd air bith anns nach 'eil fìrinn no tùr.



UABHAR NA BEATHA.

Uabhar na beatha.—I. Eoin, ii., 16.

Tha an t-abstol Eoin ag ràdh nach ann o Dhia a tha uabhar na beatha ach o'n t-saoghal, agus a thuilleadh air sin tha e 'g a ainmeachadh mar chompanach do dhà dhroch rud, ana-miann na feòla agus ana-miann nan sùl. Sin trì naimhdean a tha a' cogadh gun sgur an aghaidh anam mhic an duine.

Tha uabhar agus uabhar ann; tha astar mòr eadar àrdan a' Chaesair a bha air a shéideadh suas le glòir a rioghachd is cumhachd a ghàirdean, agus leòm na gòraig air a bheil pròis a chionn gu bheil gùn ùr no ad ùr oirre. Theagamh gur h-ann o'n aon stoc a thàinig am pòr so uile, uabhar, is àrdan, is meud-mhòr, is leòm, is spagluinn, is cuidealachd, ach air a shon sin tha mùghadh mòr eatorra, agus cha bhiodh ann ach amaideas do dhuine a ràdh gu bheil an aon chionta annta uile. Cha'n 'eil idir; tha cuid dhiubh nach 'eil a' dol na's dòimhne na'n craicionn, ach tha cuid eile dhiubh a' dol gus an smior agus a' lobhadh nan cnàmh.

Tha mi an dùil gur h-e an dà chomharra as miosa is urrainnear fhaicinn ann am beatha duine air bith, (1) e bhi toilichte leis féin, agus (2) e bhi neo-eisomail a thaobh Dhé. Gu spioradail cha ghabh dad a bhi air a dheanamh air son duine a tha làn de fhéin-fhèantachd agus aig nach 'eil faireachduinn gu bheil e ann an eisiomail Dhé. Agus is e an fhìor chomharra air duine uaibhreach nach 'eil faireachduinn aige gu bheil e ann an eisiomail Dhé no dhaoine. Theagamh gu'n toir e dhuit rud gu toileach, ach na taig dad dha. Cha ruig an t-uabhar leis a ghabhail. Cha mhò a chuireas e dragh air co dhiu a mholas no chàineas daoine e, oir is rioghachd dha a smuaintean féin; na'n leigeadh e dha féin a bhi toilichte le moladh dhaoine bhiodh sin co-ionnan ri aideachadh gu robh e 'n an eisiomail. Tha an duine uaibhreach a' togail gàrraidh uime féin air chor agus nach fhaigh daoine 'g a ionnsuidh. Cha'n ith agus cha'n òl e maille ri peacaich, mar a rinn an Slànughear caomh. Tha an t-uabhar daonnan a' dealachadh duine bho cho-chreutairean, agus rud as miosa air fad tha e 'g a dhealachadh bho Dhia.

Tha ceud rud ann as am bi daoine a' deanamh uaill, ach mar is trice so na nithean a bhios a' séideadh suas an inntinn agus an cridhe, naill as am fuil, uaill as an inbhe, uaill

as an airgiod. Ann an eaglais Chorint bha daoine air an séideadh suas le eòlas. Tha a' bhuaidh sin aig an eòlas air cinn aotrum an diugh fhathast; cuiridh e car annta.

Tha uabhar na beatha calg-dhìreach an aghaidh irioslachd dhiadhaidh, agus an aghaidh spiorad Chrìosd. Bha esan macanta is iriosal, agus cha do rinn e riamh tàir air duine beò, air cho ìosal 's gu'n robh iad. Cha mhò a shuidhich e a chridhe air glòir shaoghalta: dh'fheuch Satan ri faotainn thuige air an rathad sin, ach dh' fhairtlich air Ìosa a mhealladh ged a thairg e dha uile rioghachdan an domhain. Bha e uile gu léir falamh de mheud-mhòr agus de uabhar na beatha: b'e a thaghadh companaich a dheanamh de dhaoine diblidh.

Faodar a bhi cinnteach, mata, nach toigh le Crìosd daoine uaibhreach, ged nach do shearmonaich e 'n an aghaidh ann an làithean fheòla. Ach chuir e uabhar air an aon ghad ri sannt is goid is mealltaireachd is toibheum.—uile a tha salachadh an duine. Labhair e cuideachd briathran a bha glé loisgeach mu'n t-seòrsa dhaoine a bha gaolach air na ceud chathraichean, agus leis am bu ghasda gu'n deanadh daoine eile am beic dhaibh. Bha an seòrsa sin pailt gu leòir am measg seanairean nan Iudhach, oir bha na Pharasach cho uaibhreach ri Alasdair Uaibhreach fhéin.

An uair a dh' fheòraich na deisciobuil cò a bu mhò ann an rioghachd nèimh cha b' ann air diadhair, no sgoilear, no searmonaiche, a shìn Ìosa a chorrag ach air *leanabh béag*. Sin an dòigh anns an do theagaisg e dhaibh cìod an spiorad a bu chòir a bhi air siubhal chreidmheach. Cha'n 'eil e furasd a ràdh cìod e spiorad an leinibh, ach co dhiu cha 'n 'eil a leithid de ni is uabhar ann an cridhe pàisde. Cha'n fhàs sin ann gus a bheil e air a thruaillleadh le gnàths an t-saoghail. Ma gheibh pàisdean an toil féin agus an cas mu réir, cluichidh mac a' phrionnsa ri mac a' cheaird cho toileach 's a chluicheas e ri chomalladh féin.

Mar a thuir mi cheana, tha uabhar na beatha a' dealachadh dhaoine o chéile, ach tha e a' deanamh tuilleadh is sin; tha e 'g an cur an aghaidh a chéile. Cìod eile ach uabhar na beatha a bhios a' cur rìghrean is rioghachdan a chogadh? Eadhon ged nach 'eil iarraidh aca air fuil a dhòrtadh, an uair a thòisicheas iad air connsachadh, cha leig an t-àrdan leò, taobh air taobh, dol air an ais aon cheum, air eagal gu'n saoillear nach 'eil neart is cumhachd aca. Air a' cheart dòigh, cha 'n

e idir a chòir a bhios a' cur choimhearsnach ann an amhaichean a chéile ach an t-àrdan, àrdan is meud-mhòr gun tùr. Nach h-ìomadh burraidh a chaidh o Chùirt an t-Siorram gu Cùirt an t-Seisein, agus o Chùirt an t-Seisein gu Tigh nam Morairean, a leigeil fhaicinn do dhaoine eile gu'm b' urrainn da an luchd-lagha a phàigheadh.

Tha an t-uabhar daonnan a' dùsgadh ràiteachas is farmad is scarbhadas eadar dhaoine. An uair a dh' àrdaicheas aon duine ann am baile a dhorus, agus a sgaòileas e a chasan gu farsuing, bidh fichead eridhe air an gonadh, agus fichead duine a' feuchainn ri shròn isleachadh. Tha macantas is irioslachd a' tàthadh dhaoine r'a chéile, ach tha an t-uabhar a' cur sgaraidh eatorra.

"A h-uile uair a sheallas mi os mo chionn air na reultan," arsa duine glic, "tha e a' cur ionghnaidh orm ciamar is urrainn do dhaoine bòilich a dheanamh no uail." An uair a bhios maithean an t-saoghail air an séideadh suas le uabhar na beatha bu mhaith dhàibh na'n togadh iad suas an sùilean, agus ra'n abradh iad mar a thuirt Job, "Nach 'eil Dia ann an àirde nan nèamh, agus faic mullach nan rionnag, cia àrd ata iad." Ach is beag aig nigheana Shìoin na rionnagan no na reultan: is fheàrr leò gu mòr a' ghlòir a tha bhos seach a' ghlòir a tha shuas, agus mar sin tha iad mar a tha am fàidh Isaiah ag ràdh, "ag imeachd le muinealaibh sìnte mach."

Tha mòran de'n charraid agus de'n ne-shonas a tha anns an t-saoghal air aobharachadh le uabhar; le daoine a bhì an dùil gu bheil iad féin fada os cionn chàich. Is fheàrr le pàrantan sonas an cloinne a mhilleadh uile làithean am beatha seach leigeil leò fear no té a phosadh nach 'eil de stoc cho mhaith riu! Ceanglaidh iad am mic agus an nigheana gu neo-chothromach ri céile gun dìh, air ghaol tiotal no airgid fhaotainn. Ciod a tha an sin ach uabhar gun tùr, faoineas a tha peacach an sùilean Dhe is dhaoine! "Phòs mi luid air son a cuid, dh' fhalbh a' chuid ach dh' fhan an luid." Maith an airidh.

Ge h-àrd an Tighearna, gidheadh scallaidh e air an iriosal;

Ach aithnichidh e an t-uabhrach fad as.

Tha Dia a' cur an aghaidh nan uabhrach, Ach a' toirt gràs dhaibhsan a tha iriosal.

Is gràinealeachd do'n Tighearna gach neach a tha uabhrach 'n a chridhe;

Ged iadhadh làmh mu làimh cha bhì e gun pheanas;

Is peacach scalladh àrd agus cridhe uabhrach.

Tha facal an Tighearna a' dìteadh uabhar na

beatha, agus b' àbhaist do na seann diadh-airean a bhì cunntas uabhar am measg nam peacaidhean a tha gu bàs. Tha e cho duilich do'n duine uabhrach dol a steach do rìoghachd Dhé 'sa tha e do'n duine shaoibhir, agus cha téid e steach idir mur fàg e 'uabhar a muigh. "Ge b'e neach nach gabh rìoghachd Dhé mar leanabh beag cha téid e gu bràth a steach innte." Ged tha geata nèimh farsuing, cha 'n 'eil e ach ìosal, agus feumaidh iadsan a theid a steach *an cinn a chromadh*. "Air an fhear so amhaircidh mi," arsa an Tighearna, "eadhon air-san a tha bochd is leònta 'n a spiorad, agus a chriothnaicheas roimh m' fhacal." Is nì iongantach e gu'n deanadh an t-Uile-Chumhachdach a chòmhnuidh ann an anam duine idir, ach is e an t-anam anns an dean e a chòmhnuidh, an t-anam a tha air fhalamhachadh de uabhar agus de fhéin-fhìreantachd. Ciod an còrdadh is urrainn a bhì eadar an Spiorad Naomh agus uabhar na beatha?

Ann an ìomadh àite ann am facal an Tighearna tha oideas na h-intinn uabhrich air a chur fa'r combair, ach tha sinn 'g a fhaicinn gu soilleir ann am beatha dhaoine mar a bha Saùl, is Absalom, is Pharaoh, is Haman, is Nebuchadnessar, daoine a chaidh air seachran air Dia leis an àrdan. Tha gu leòir de dhaoine a' dol air seachran bho rìoghachd nèimh an diugh fhathast leis a' cheart aobhar. Cha mhaith leò dad a ghabhail eadhon o Dia *gun airgid agus gun luach*. Bu mhaith leò an rathad a phàigheadh a steach do nèamh gun a bhì ann an eisiomail saor ghràs Dhé. Ach sin rud nach gabh deanamh. Cha téid a steach do rìoghachd Dhé ach a mhàin iadsan aig a bheil faireachduinn air am falamhachd agus an neo-airidheachd agus an anfhannachd gu spioradail, agus a tha toileach air tiodhlac na beatha a ghabhail o Dhia gu saor.

Aig toiseach na bliadhna so a ris tha facal an Tighearna a' labhairt ruinn as ùr—"Gach neach air a bheil tart, thigibh-se chum nan uisgeachan; seadh, thigibh ceannaichibh, gun airgid agus gun luach fion agus bainne." Tha Dia a' tairgsinn duinn maitheanas is gràs am pailteas, agus sin uile gu saor. A thaobh mòran dhaoine tha e fìor nach 'eil dad a' seasamh eadar iad agus an sonas as àirde, ach raigse an toile féin agus uabhar an eridhe. Ach ma tha leigheas idir ri fhaotainn air uabhar na beatha, saoilidh mi nach eile leigheas is fheàrr air, na gu'n tionndadh daoine an sùilean gu Betlehem, gus an stàbull anns an do rugadh Iosa. Sibhse a tha air 'ur séideadh suas le mòralachd is uabhar na beatha, thigibh agus faicibh cò a tha 'n a shìneadh anns a' phrasaich ud, an Dia sìorruidh a' cur foluch air a ghlòir agus 'g a irioslachadh féin a chum peacaich a theàrnadh.

Ge fad an t-astar eadar nèamh agus talamh chrom Dia e féin cho ìosal ris an neach a b' ìsle air thalamh, agus le sin a dheanamh chronaich is dhìt e uabhar na beatha.

ANNS A CHATHAIR.

Bliadhna mhaith ùr dhuit a leughadair, agus mòran diubh!

A dh' aindeòin gu'm bi daoine a' càineadh an t-saoghail agus ag ràdh *an saoghal mosach*, cha 'n 'eil iarraidh air bith aig a' mhòr-chuideachd air fhàgail, agus is maith leò aig an àm so de'n bhliadhna a bhi gealltainn daibh féin agus a' guidbe d' an càirdean mòran bhliadhnachan fhathast air thalamh. Bha na h-Iudhaich a' cunntas saoghal fada 'n a chomharra air fàbhar an Tighearna, agus ann an seadh bha iad ceart, oir tha fiosrachadh a' chinneadh-daonna a' dearbhadh gu soilleir gu bheil làithean buan, agus saoghal fada, agus sìth, air an sealbhadhach^h na's trice, leis an fhìrean na leis an eucorach. Tha Crìosduidhean cho gaolach air saoghal fada fhaotainn 's a bha na h-Iudhaich; rinn Lloyd George agus am pension saoghal fada na's ion-mhiannaichte na bha e riamh.

An raoir fhéin, an uair a bha mi a' cnuasachadh air a' chuspair so, agus m' inntinn a leum o smuain gu smuain, thàinig e a' steach orm, Cia meud bliadhna a tha agam fhathast air thalamh Cò, ars' thusa, is urrainn sin innseadh? Innsidh an urrainn aig a bheil fios air a h-uile ni, air nèamh no air thalamh, na nithean a bha, agus a tha, agus a bhitheas, *Féillire, no Almanac Whitaker*.

Tha Whitaker ag ràdh rium gu'm faod fiughair a bhi agam a bhi beò bliadhna ar fhichead eile. Bidh mi an sin ochd is trì fichead, ach tha e ag ràdh, ma ruigeas mi an aois sin, gu'm faod mi dùil a bhi agam ri naoi bliadhna eile. Bheir sin gu seachd deug is trì fichead mi, aois m' am bheil an t-Ollamh MacIain ag ràdh, "an uair a ruigeas duine seachd deug is trì fichead tha an t-àm aige a bhi ann an dà-rìreadh." Cha 'n fhìor sheann duine a tha ann an duine aig seachd deug is trì fichead; bha Abraham naoi bliadhna na bu shine an uair a rugadh mac dha. Aig an aois sin bha Iain Wesley agus Gladstone cho mhaith 's a bha iad riamh; tha Wesley ag ràdh gu robh e a cheart cho mhaith 's a bha e 'n sheachd bliadhna fichead. Ach tha amharus agam nach 'eil na bràithrean ann an Cléir Dhun-chailin a' giùlan am bliadhuachan cho aotrum ri Iain Wesley, oir chor agus ma ruigeas mise seachd deug is trì fichead gu'm faod mi mi fhéin fhaicinn 'n am athair na Cléire.

Ach tha Whitaker ag ràdh tuilleadh is so;

tha e ag ràdh ma ruigeas mi seachd deug is trì fichead gu'm faod fiughair a bhi agam a bhi beò sia bliadhna eile. Bheir sin gu ceithir fichead is trì mi, agus an sin theagamh gu'n tòisich an sluagh air a mhonmhur nach 'eil mo mheòmhair cho mhaith 's a bha i, agus gu'm bi an làn àm agam stad de shearmonachadh. Bidh mi duilich an uair a thig an là sin, oir cha 'n 'eil obair air an t-saoghal cho mhaith leam ri searmonachadh; ach mur bheil duine a' deanamh searmoin ùra cha 'n 'eil searmonachadh idir cho toilichte, agus cha mhòr dhaoine a ni searmoin ùra aig ceithir fichead 's a trì.

Ach cha 'n 'eil Whitaker idir a' maoidheadh a' bhàis orm aig trì is ceithir fichead; ma ruigeas mi an aois sin, tha e a' toirt dhomh ceithir bliadhna eile, agus mar sin, ceum air ceum, is bliadhna air bhliadhna, agus am bi mi ceud. Ma ruigeas mi ceud, cuiridh an rìgh litir thugam, urram nach cuir e air iochdaran air bith eile ach air mnathan aig am bi trìuir chloinne air an aon turus. Cha 'n 'eil mise a' tuigsinn gu soilleir ciamar a tha iad 'g a dheanamh a mach (oir cha 'n 'eil an ceann orm air a shon) ach a réir nam figearan a tha air an toirt dhuinn leis an fheadhainn a bhios a' cunntas ciod an àireamh làithean a dh' fhaodas duine sealltainn air a shon aig aois shòruichte air bith, tha mi a' faicinn, ma ruigeas mi ceud, gu'm faod mi dòchas altrum gu'n ruig mi ceud agus a còig, agus eadhon aig ceud 's a còig, gu'm faod fiughair a bhi agam ri bliadhna eile. Ma tha sin fìor, is ann aig an Agh a tha brath c'uin a bheireas an t-Aog air an Arminianach no am-beir e air idir.

Cha 'n 'eil iarraidh air bith agam-sa a bhi beò gu ceud. An uair a ruigeas duine ceud cha bhi ach aon no dhà d'a chomh-aoisean beò. Ged nach ruigeadh duine ach ceithir fichead cha bhi beò aig an aois sin ach ochd às a' cheud de'n fheadhainn a rugadh anns an aon bhliadhna ris. Agus mur bheil gin de'n ochd sin dlùth dha, ciod am feum a tha ann dha bòilich a dheanamh mu na seann làithean, oir cha chreid an òigridh facal dheth!

An uair a ruigeas duine dà fhichead, 's a trì, tha an dara leth de na rugadh anns an aon bhliadhna ris cheana marbh, agus aig trì fichead tha a' chuid as mò air an robh e eòlach 'n a òige ann an saoghal eile. Rud sòluimte dà-rìreadh, rud a bu chòir toirt air seann daoine a bhi a' cur an tighe an òrdugh, ach tha car de amharus agam nach ann idir mar is dlùithe a thig am bàs do dhaoine is mò a bhios iad a' smuaineachadh air. Mar is fhaide a tha iad anns an t-saoghal, is ann as fhaide a tha iad a' cur na crìche air thoiseach orra. An e so cuid de mhealltaireachd an t-saoghail?

An uair a tha uiread d' ar càirdean agus ar luchd-eòlas air taobh thall na h-uagha, shaoileadh tu gu'm biodh ar smuaintean maille riu, agus gu'm biodh nèamh 'n a thir uam beò dhuinn, an àite a bhi dhuinn 'n a thir nam marbh, tir an dorchadais agus sgàile a' bhàis. Na'm b' urrainn mi mo rogha seirbhis a dheanamh do'n chinneadh-daonna b'è so an t-seirbhis a b' fheàrr leam a dheanamh dhaibh, nèamh a dheanamh taitneach is ion-mhiannaichte d' an cridheachan. Dh' fhairtlich air na diadhairean sin a dheanamh fhathast; ged a sheinneas daoine le 'm bilean na laoidhean sin a tha cur an géill sonas is maisie is sòlasan na beatha a tha feitheamh air sluagh an Tighearna, cha 'n'èil duine anns an fhichead a' faireachduinn 'n a chridhe taitneas na beatha m' am bheil e a' seinn. Theagamh nach 'èil fhios aca féin air sin, agus gu'm fàigheadh iad coire dhòmh-sa air son a ràdh, ach tha e-fìor air a shon sin. An uair a dh' fhearaicheas tu de dhaoine maithe, daoine a tha creidsinn ann an Dia, ann an Crìosd, agus anns an t-soisgeul, am bheil iad toilichte gu bheil dòchas aca dol do nèamh, their iad gu bheil, agus ann an seadh tha iad a' labhairt na fìrinn, ach na'm b' urrainn duit dol a steach d' an cridhe chitheadh tu nach 'èil an dòchas so a' dùsgadh aoibhneas no ionndrainn no fadal 'n an cridhe an geall air an oighreachd a tha feitheamh orra, agus nach 'èil ann ach faireachduinn a tha co-ionnan ri taingealachd nach cuirear do àite as miosa iad. Tha mòran dhaoine 'g am mealladh féin le bhi saoilinn gu bheil iarraidh aca air dol do nèamh, an uair is e an fhìor rud air a bheil iarraidh aca, ifreann a sheachnadh. Na 'm b' urrainn daibh an t-àite uamhasach sin a sheachnadh gun dol do nèamh, bha e a cheart cho mhaith leò gun dol ann, agus b' fheàrr leò cian na'n leigeadh Dia leò fantuinn air thalamh.

Cha 'n'èil am Biobull a' toirt duinn mòran fiosrachaidh mu chor dhaoine ann an nèamh, ach ciod air bith a their daoine eile uime, feumaidh mi fhéin a ràdh nach 'èil rud air an t-saoghal is trice a bhios a' tarruing m' inntinn thuige na beatha nan naomh ann an glòir. Bu mhaith leam riamh an uair a thachrainn air duine tùrail is glic is diadhaidh, seachas a bhi agam ris air a' chuspair so, ach fhuair mi a mach nach 'èil ach glé bheag de dhaoine ann a tha toileach air an cridheachan fhosgladh dhuit, agus am fìor bheachdan innseadh dhuit mu'n t-saoghal eile. Tha mòran dhaoine ann aig nach 'èil aon smuain no aon fhaireachduinn uime na's mò na tha aig mart; tha daoine eile ann agus an àite am faireachduinnean agus an smuaintean féin a thoirt duit, bheir iad dhuit an rud a tha iad a' saoilinn a tha

ceart daibh a ràdh, teagasg fallan na heaglais. Coma leam an dà sheòrsa sin; tha an fhìrinn ann an grunnnd an tobair; cha 'n ann o'n t-seòrsa sin a gheibhear i, agus cha 'n 'èil ann ach gliongarsaich gun fheum a bhi bruidhinn riu. Ach an dràs'd 's a rithist tachraidh duine ort, a tha 'inntinn cho bitheanta anns an t-saoghal thall 's a tha i anns an t-saoghal a bhos; duine a tha ann an da-rìreadh ag iarraidh baile a mhaireas, agus a thug cumadh is dreach 'n a chridhe féin air a' bhaile ris am bheil fuighair aige. Sin agad an duine as fhiach dhuit conaltradh a bhi agad ris mu 'n t-saoghal shiorruidh, oir mur fuasgail a bhriathran ceistean deacair na h-inntinn, cumaidh iad beò an ionndrainn a tha anns a' chridhe.

Bho chionn ghoirid chaidh mi troimh mo leabhraichean uile, a dh' fhaotainn a mach ciod a tha diadhairean is luchd-ealain, daoine glic is eagnaich an t-saoghail, ag ràdh mu'n cheist so, An aithnich càirdean a chéile ann an nèamh? Ach ma chaidh, tha a' cheist fhathast gun fhuasgladh. Tha cuid an dùil gu'n aithnich; tha cuid eile leis am bu mhaith so a chreidsinn ach aig a bheil teagamh ann; ach a' chuid is mò, b' fheàrr leò a' cheist a sheachnadh. Tha m' inntinn fhéin air udalan mu'n chùis, ach mhothaich mi gur h-e an gaol a tha daonnan a' toirt air daoine a chreidsinn gu'n coinnich iad ann an nèamh agus gu'n aithnich iad a chéile. A thaobh nithean spioradaik, is iuchair an gràdh a dh' fhosglas seòmraichean nach gabh fosgladh le iuchair eile, air chor agus gu'm biodh e dalma do dhuine a ràdh gu bheil na daoine sin ag altrum dòchas faoin.

Ach ma tha cuid d' am luchd-eòlais a bu mhaith leam a choinneachadh ann an nèamh, tha cuid eile ann nach biodh e 'n thoileachadh air bith leam am faicinn. Cha bu mhaith leam nach biodh iad ann, ach cha bhithinn idir duilich ged nach faiceamaid no nach aithnicheamaid a chéile. Cha 'n'èil fhios agam ciamar a ghabhas an duileadas so toirt as an rathad, ach theagamh nach bi an fhaireachduinn so ann an cridheachan dhaoine idir an uair a bhios iad air an deanamh foirfe aig uair am bàis. No an d' thug Crìosd an duileadas so as an rathad, an uair a thubhairt e, "Ann an tigh m' athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh"?

B' àbhaist do 'n dhuine chaomh, Rabbi Duncan, an uair a choinnicheadh e na h-oileanaich òga an déidh na bliadhna ùire, an àite bliadhna mhaith ùr a ghuidhe dhaibh, a ràdh riu, *siorruidheachd shona dhuibh.* Is maith iad le chéile, agus is toradh iad le chéile do'n diadhaidheachd, oir tha an diadhaidheachd tarbhach a chum nan uile nithe, *aig am bheil gealladh na beatha a ta làthair, agus na beatha a ta ri teachd.*



EWIN A' BHAISTIDH.

Bithidh e mòr an làthair an Tighearna.— Lucas, I., 15.

Ceudan bliadhna m'an do rugadh Crìosd labhair Isaiah ann an spiorad na fàidhead-aireachd mu dhuine a bha ri slighe ullachadh air son an t-Slànuigheir, agus tha an sois-geulaiche Mata ag ràdh gu'm b'è Eoin a' Bhaistidh an duine sin. Bho thoiseach an t-saoghail bha Dia ag ullachadh air son teachd a Mhic, ach am measg na feadhachan a chur Dia a rèiteachadh na slighe tha mi an dùil gu'm feumar an t-àite as urramaiche a thoirt do Eoin a' Bhaistidh.

Bha e mu shia mìosan na bu shine na Iosa; inac sagairt d' am b' ainm Sacharias. B'è ainm a mhàthar Elisabet, ban-charaid dhlùth do'n òigh Muire. Tha dà bhoirionnach de'n ainm so air an ainmeachadh anns a' Bhiobull, Elisabet bean Aaroin, agus màthair Eoin a' Bhaistidh. Bha an dìthis pòsda aig sagartan, agus bha iad, an dà chuid, uasal agus diadhaidh.

Am measg iomadh rud eile a tha Lucas ag innseadh dhuinn mu phàrantan Eoin tha e ag ràdh gu robh iad le chéile ionraic an làthair Dhé. Is mòr am moladh sin da-rìreadh, oir cha robh na h-ionraicean pailt ann an Iudea na's mò na tha iad ann an Albainn. Ach ged a bha Sacharias is Elisabet ionraic cha robh iad gun chamadh 'n an crann-chur, oir bha iad gun teaghlach, agus am measg nan ludhach bha sin air a chunntas 'n a mhi-fhortan mòr. Cha b' urrainn pàrantan aig nach robh slìochd dòchas air bith altrum gu'n tigeadh am Mesiah a mach as an teaghlach-san.

Ach là dha a bhi frithealadh anns an teampull, thàinig teachdaireachd o Dhia gu Sacharias, teachdaireachd a theab toirt air a chridhe stad le moit is iongnadh. Bha an là 'na là mòr dha co dhiu, oir b'ann airsan a thuit an crann gu dol a steach do'n ionad naomh a losgadh na tùise, ach mar nach bu leòr an t-aoibhneas sin d'a chridhe, faicear aingeal an Tighearna 'n a sheasamh air taobh deas na h-altarach. Ach ged a tha seana chàirdeas is seann eòlas eadar mac an duine agus na h-ainglean, tha cho beag de dhol is de thighinn eadar e féin agus na h-ainglean a nis 's gu'n cuir e fiamh air an gnùis fhaicinn no fuaim an sgiathan a chluinntinn.

“Na biodh eagal ort, a Shachariais,”

thubhairt an t-aingeal ris, agus ann an seadh fìor faodar a ràdh gur e sin a' cheud gath de sholus an t-soisgeil, a' cheud fhacal a labhair Dia r'a chloinn fo fhrithealadh an Tiomnaidh Nuaidh. So a' cheart fhacal a thuit aingeal an Tighearna ris na buachaillean an oidheche a rugadh Iosa, “Na bitheadh eagal oirbh, oir feuch, tha mi a' toirt duibh deagh sgéil mhòr-aoibhneis, oir rugadh dhuibh an diugh Slànuighear.” Cha 'n 'eil facal eile a bu trice a bha air bilean Chrìosd, an uair a bhiodh e a' bruidhinn r'a dheisciobuil, na am facal so, “Na biodh eagal oirbh,” agus cha 'n abradh e idir riu e mur biodh e a' faicinn gu robh iad a' milleadh an suaimhneis féin le eagal is ro-chùram. Ann am fichead dòigh tha clann nan daoine fo chuing an eagal; tha eagal an dorchadais orra, eagal an là màireach, eagal dochainn, eagal bochdainn, eagal bàis, ach tha Dia ag ràdh ruinn, “Na biodh eagal oirbh.” Agus an uair a tha Dia a' labhairt, is e ar gliocas-geill a thoirt d'a fhacal.

Dh'innis an t-aingeal do Shacharias gu'm beireadh Elisabet mac, agus gu'm biodh e mòr ann an làthair an Tighearna. Is aon rud e, a bhi mòr ann an làthair dhaoine, ach is rud eile e, a bhi mòr ann an làthair an Tighearna. Bha Alasdair Uaibhreach mòr ann an làthair dhaoine, agus Herod, agus Napoleon, ach cha robh aon seach aon dhiubh mòr ann am fianuis Dhé. Ged a chiosnaich Alasdair Uaibhreach an saoghal uile cha bu duine glic no uasal e, agus idir idir cha bu duine diadhaidh e. Thug e am bàs air féin le drongaireachd is geòcaireachd. Cha robh ann an Herod Mòr ach duine borb durbhaidh; mhort e ceudan de leanaban neo-chiontach, agus air son Napoleon, cha robh ann ach duine gun chridhe gun choguis.

Cha toigh le Dia daoine nach 'eil ceart, is caomhail, is beusach, is coibhneil; cha toigh leis daoine aig nach 'eil smuain air ni fo'n ghréin ach an glòir no am buannachd féin. Is e na daoine a tha mòr ann an sealladh Dhé, daoine aig a bheil creideamh, is uaisle, is gràdh, is iochd 'n an cridhe; daoine nach cuir am buannachd no an còirichean féin air thoiseach, ach toil Dhe, is aobhar Dhé, is soirbheachadh a rioghachd. B'ann de'n t-sèorsa dhaoine sin Eoin a' Bhaistidh; bha e uile gu léir saor is féinealachd, agus bu choma leis ciod a dh'eireadh dhà-san na 'n rachadh rioghachd Dhé air thalamh am meud.

Rud eile a dh'innis an t-aingeal d'a athair mu Eoin, "nach òladh e fion no deòch làidir." Cha 'n'èil fhios agam-sa an robh Sacharias fhéin a' tur sheachnadh dibhe, ach eadhon ged nach seachain iad fhéin an t-uisge beatha is maith le pàrantan an clann 'g a sheachnadh. Tha e glic do 'n h-uile duine sin a dheanamh, agus cha 'n'e mhàin gu bheil e glic ach tha e Criosdail; tha e Criosdail ar fianuis a thogail an aghaidh rud a tha deanamh uiread millidh air an dùthaich ris an uisge-bheatha. "Is fear-magaidh am fion, is buaireasach an deoch làidir; agus co air bith a théid air seachran leò, cha 'n'èil e glic." Tha an stuamachd maith anns na h-uile nithean, ann am biadh cho mhaith ri deoch, agus is rud tràilleil a tha ann do dhuine leigeil le miann òil no ithinnich làmh-an-uachdar fhaotainn air.

Shaoil Sacharias gu robh na dh'innis an t-aingeal dha tuilleadh 's a chòir maith air son a bhi fìor, agus dh'iarra e dearbhadh a thoirt da. "Cionnus," ars' esan, "a bhios fhios so agam?" B'e an dearbhadh a thug an t-aingeal dha, 'ainm innseadh dha; "is mise Gabriel a sheasas ann an làthair Dhe." Mar gu'm abradh e ris, Cìod an dearbhadh as fheàrr na gu'm faigheadh tu e air urrainn aingil? Is e Gabriel agus Michael an aon dithis de na h-ainglean a tha air an ainmeachadh air ainm anns a' Bhiobull, ged a fhios gu bheil ainm aig Dia air na h-ainglean uile, agus gu'm bi e a' gairm a theachdairean air an ainm.

Bha iongantais air an t-sluagh gu robh Sacharias a' deanamh moille nach b'abhaist anns an teampull, ach cho luath 's a chunnaic iad e a' tighinn air ais thuig iad gu'm faca e sealladh nèamhaidh. Theagamh gu robh dealradh nan nèamh air a ghnùis, mar a bha air aodann Mhaois an uair a bha e air a' bheinn. Ach cha b'urrainn Sacharias innseadh dhaibh cìod a chunnaic no chual e. oir chaill e a chainnt. Cha d' thàinig a chainnt air ais thuige gus an do rugadh Eoin agus an robh e air a thimchioll-ghearradh, oir bha e fathast am feum clàr-sgrìobhaidh uisneachadh an uair a dh'fheòraich na coimhearsnaich dheth cìod an t-ainm a bu mhaith leis a thoirt air an naoidhean. Ach an oidhche sin fhéin fhuair e a ghuth agus a chainnt, agus is e a' cheud rud a rinn e leò, Dia a mholadh. Sheinn e an laoidh mhaiseach sin a bhios gu bràth ceangailte r'a ainm,

*Gu ma beannaichte an Tighearna Dia Israeil,
Airson gu'n d' thug e saorsa d'a phobull.*

Thàinig eagal is iongnadh air na coimhearsnaich a bha cruinn aig timchioll-ghearradh an leinibh, agus thòisich iad uile

air a ràdh, Cìod a' ghné leinibh a bhithas an so? Tha fhios aig an t-saoghal cìod a ghné dhuine a bha ann an Eoin, an uair a thàinig a gu ire duine. Fo shearmonachadh bha dùsgadh mòr anns an dùthaich, agus is ann ri linn an dùsgaidh sin a nochd Iosa e féin mar an Mesiah, agus a thòisich e air rioghachd Dhé a shearmonachadh. Chuir Dia urram mòr air Eoin, oir b'e a làmh-an-san a bhaist Iosa ann an abhainn Iordan, agus b'esan a' cheud duine a dh'aithnich gu'm b'e Iosa an Mesiah a bha ri teachd. "Feuch," ars' esan, "uan Dhé a tha toirt air falbh peacadh an t-saoghail."

Ma bha Eoin a' Bhaistidh 'n a dhuine smachdail, agus ma shearmonaich e tairneanaich an lagha, bha e na bu smachdaile air fhéin na bha e air daoine eile, agus cha do theagaisg e riamh rud a chionn gu'n còrdadh e ri daoine ach a chionn gu robh e fìor. Bha e stuama 'na uile dhòighean; cha robh cumhachd air bith aig fasan no sòghaltachd an t-saoghail thairis air, agus bha a chridhe cho làn de eud diadhaidh 's nach robh rùm ann do fhéinealachd, no do ghealtachd, no do leam-leatas. Cha do sheall e riamh air duine beò ach ann an clàr an aodainn. Eadhon an uair a b'isle a bha chridhe agus a chreideamh thuirt an Sìanughear nach dean nearachd ann am breitheanas, "Gu deimhin ata mi ag ràdh ruibh, 'n am measg-san a rugadh le mnathaibh, cha d' éirich neach as mò na Eoin a' Bhaistidh." Nach bu leòir an t-urram sin do dhuine beò, gu'm faigheadh e teisteanas maith, an dà chuid, o'n aingeal Gabriel, agus o Thighearna nan ainglean. Agus cìod eile is urrainnear a ràdh mu dhuine a fhuair sin ach *gu robh e mòr ann an làthair an Tighearna.*

ANNAN A CHATHAIR.

Anns an oidhche fhada gheamhraidh, an uair a tha fead aig a' ghaoith anns an t-simileir, cha truagh leam duine air bith a dh'fhaodas suidhe aig a' ghealbhan agus leabhar aige. Sin companach an àigh; companach o nach cluinn thu guth mòr no droch fhacal, agus a dh'fhosglaas dorus dhuit gu dol a steach am measg rìghrean is phrionns-achan an dà shaoghail. An nochd fhéin, ann an toiseach na h-oidhche, bha mise ann an cuideachd dhaoinè mòra, diadhairèan na h-eaglais is prionnsachan Israeil, oir bha mi aig an Ard-Sheanadh a choinnich ann an Nicea anns a' bhliadhna 325, agus chuala mi Arius agus Athanasius a' deasbud mu'n Trianaid. B'e sud an Seanadh a b' fhiach

do thuige agus cha 'n e an Seanadh a tha coinneachadh an diugh ann an Dunéideann. Ged is rìomhach na maithean, Diuc Atholl is Diuc Chataobh, an uair a théid iad air cheann gnothuich, le an gillean agus le am piobairean, bu bhòchd a shealladh iad ri taobh Chonstantin, Iompaire Mòr na Roimhe, a bha anns a' chathair an là ud, air a sgeadachadh ann am falluinn shìoda a bha air a greusadh le seudan lainnreach is luachmhor, òr fìor-ghlan is emerald. Agus ged a tha gu leòir de Ghréigis aig an Ollamh Mac Clìmont, agus nach robh Gréigis idir aig Hosius, Easbuig Chordova, (b' fheudar dha bruidhinn ann an Laidionn) b' fheàrr leam fada cian dol a dh' éisdeachd Hosius, a' labhairt air dìomhaireachd na Diadhachd, seach dol a dh' éisdeachd Mhic Clìmont a' labhairt air obair nam ministearan anns a' chogadh.

Theagamh nach cual iomadh a h-aon d' ar luchd-leughaidh iomradh riamb air H sius á Cordova, no Paphnutius, no Potammon, no Spiridion á Ciprus, no Nicolas á Mira, ach mur cuala, creideadh iad mise gu'm bu daoine ainmeil iad 'n an là féin, agus gu'n cumadh iad suas an ceann féin de'n argumaid na'n tigeadh iad a dh' ionsuidh an t-Seannaidh ann an Dunéideann an diugh. Bu ghasda leam na diadhairean a bha aig Seanadh Nicea a chluinntinn a' deasboir-eachd ris na diadhairean a tha againn ann an eaglais na h-Alba an diugh, ged a tha eagal orm gu'm bithinn air mo nàrachadh mu'n sguireadh iad, a chionn nach cumadh an t-Ollamh Seumas Cooper buille ri Arius. Tha fhios aig an t-saoghal gur h-e an t-Ollamh W. P. Paterson duine as géire inntinn anns an eaglais againne an diugh, agus duine as duiliche a' ghlas-ghuib a chur air ann an argumaid, ach tha amharus agam nach biodh an duineachan beag ud, Athanasius, fada 'g a dheanamh.

Bha an Seanadh ud air a ghairm ann an Nicea, a dh'ionn a' chreidimh agus a mhèineachadh creud na h-eaglais. Tha barrachd ùgh aig daoine an diugh ann an obair na h-eaglais na tha aca 'n a creud; tha iad a' cur barrachd cudthrom air oibre maithe na tha iad a' cur air teagasg fallan. Ann an aon seadh tha so ceart, ach aig a' cheart àm cha toigh leam idir am beachd a tha aig mòran dhaoine nach bu chòir do dhuine no do eaglais iad féin a cheangal ri creud air bith. Tha a creud feumail do 'n eaglais air iomadh dòigh, agus cha 'n 'eil e 'n a uallach do dhuine air bith ach do 'n fheadhainn nach 'eil 'g a chreidsinn. Tha e duilich dhomh fhéin co dhiu a thuigsinn staid inntinn an duine sin a their leis an aon anail, Tha mi a' chreidsinn so, agus leis an ath anail, Ach na

h-abram e air eagal gu'n atharraich mi mo bheachd. Ma tha eòlas no tuigse agam air an dòigh anns a bheil inntinn mhic an duine ag oibreachadh, saoilidh mi nach 'eil e comasach do dhuine aig an aon am gabhail ri creud le uile chridhe, agus an dùil altrum gu'n atharraich e e am màireach. Ced a shiùbhlas inntinn mhic an duine na's luaithe na ghluaiseas a chorp tha e, a réir mo bheachd-sa, a cheart cho eu-comasach do'n inntinn rud a chreidsinn agus teagamh a chur ann, aig an aon am, 's a tha e do'n chorp a bhi ann an dà àite aig an aon àm.

Ach gu dol air m' ais gu Nicea, b'e Arius a bha deanamh aimhreit anns na làithean ud leis na beachdan a bha e a' teagasg mu Chrìosd, agus mu'n dàimh a bha eadar am Mac agus an t-Athair, dà phearsa na Trianaid. Bha e a' cumail a mach nach robh an t-Athair agus am Mac idir 'n an aon a thaobh am bith, no co-ionnan ann an cumhachd agus am an glòir. Cha robh e a' chreidsinn ann an Diadhachd Shiorruidh Chrìosd, oir bha e de 'n bheachd nach robh ann an Chrìosd ach an creutair a b' àirde de na creutairean a chruthaich Dia, agus mar sin nach bu chòir a ràdh gu robh e co-ionnan ri Dia. Bha e a' cumail a mach nach robh Chrìosd ann o shiorruidheachd; nach robh e eu-comasach dha tuiteam ann am peacadh; nach e idir nàdur a dhiadhachd a chum bhò pheacadh e ach a thoil naomh féin. Mar sin bha e a' toirt do Chrìosd àite na b' ìsle anns an Diadhachd na bha e a' toirt do 'n Athair shiorruidh.

Chaidh fuaim a theagaisg air feadh an domhain uile, ach b' ann gu sònruichte anns an Eiphit, ann am baile mòr Alecsandria, a bha an cath air a chur. Bha mòran air taobh Arius agus am barrachd 'na aghaidh: chaidh Seanadh an déidh Seanaidh a chruinneachadh a thoirt binn air, ach chuireadh mu sgaoil iad gun an gnothuch a chur an dara taobh. Bu shuarrach an stoirm a bha air a togail anns an eaglais Shaoir, an uair a bha Robertson Smith air fheuchainn air son a bhi teagasg beachdan feall, làimh ris an stoirm a bha air a togail anns na làithean ud le beachdan Arius. Tha e air a ràdh gu'm biodh na fuineadairean agus na borbairean ann an Alecsandria agus ann an Constantinople a' bruidhinn riu féin mu phearsachan na Diadhachd, an uair a bhiodh iad aig an obair, agus nach b' urrainn do dhuine dol a steach a thoirt dheth an fhuilg gun dol ann an argumaid ris a' bhearradair mu bhith agus mu nàdur Chrìosd.

Chaidh so air aghaidh fad bhliadhnachan, a' milleadh sìth na h-eaglais agus a' dealachadh bhràithrean o chéile, ach mu

dheireadh chuir Constantin, Iompaire na Roimhe, roimhe gu'n gairmeadh e diadhair-ean na h-eaglais gu coinneamh mhòr, agus gu'n cuireadh e a mach fo ùghdarras an t-Seanaidh sin creud ris am feumadh uile luchd-dreuchd na h-eaglais gabhail. Bha Constantin e féin ag aideachadh a' chreidimh Chrìosduidh, ach tha mi 'n dùil nach e gaol na firinn a b' aobhar uile gu léir gu'n do ghairm e an Seanadh, ach eagal gu'n deanadh an connasachadh a bha dol air aghaidh cron d'a rioghachd. Co dhiu chuir e fios air diadhairean na h-eaglais uile, agus ann an 325 chruinnich iad ann an Nicea, agus chaidh an Seanadh air cheann a ghnòthuich.

A mach o'n chruinneachadh a bha aig na h-abstoil ann an Ierusalem, an là a chuir iad an dara taobh a' cheist, co dhiu a bu chòir dhaibh na cinnich a leigeil a steach do'n eaglais gun timchioll-ghearradh no cuingeann ludhach a chur orra, cha robh là eile ann an eachdraidh na h-eaglais a bu mhò na 'n là a bha na seanairean cruinn ann an Nicea, gus suidhe ann am breitheanas air teagasg Ariuis. Bha trì cheud is ochd deug diadhair cruinn, a' chuid a bu mhò dhiubb as an àird an Ear, ach bha dithis ann a bha seasamh os cionn chàich, mar a bha Saul am measg a shluaigh, Arius fhéin agus Athanasius.

A thaobh coslais bha Arius na bu chomh-arrachtaich na 'm fear eile, agus ann an àite air bith an suidheadh e cha b' urrainn do shùil gun a leanntainn. Bha e 'n a dhuine mòr, lom de fheòil agus bàn tana anns an aghaidh, mar dhuine a bha cur seachad a làithean a' meòmhrachadh air nithean mòra. Bha e cho naomh ionraic 'n a bheatha 's nach do chuir eadhon a luchd-casaid olc riamh as a leth, agus na 'n robh a chagasg fallan bhiodh e air àireamh am measg nan aithrichean a bu naoimhe. Bhiodh e a' trasgadh, agus is ann glé annamh a chireadh e a cheann, oir cha robh suim aige d' a phearsa.

'N a choslas cha robh ann an Athanasius ach duine suarrach, duineachan beag ruit-each, ach mur robh e mòr, bha e smiorail. Ged nach robh e ach ochd bliadhna fichead aig an àm, cha robh duine eile anns an t-Seanadh a b' urrainn seasamh an aghaidh Ariuis cho mhaith ris, agus aig deireadh an latha b'e a chuir ann an eagaibh a chèile an creud ris an do ghabh an Seanadh. Glé bhitheanta tha daoine beaga gaolach air cainnt làidir, agus ged nach robh Athanasius 'n a dhuine nimheil gu nàdurra, thuir e cainnt mu Arius agus mu na feadhainn a bha air a thaobh a dh' fhaodadh nàire a chur air ceard, gun tighinn air diadhair urramach. "Cha 'n 'eil annta," ars' esan, "ach diabhoil, ana-crìosduidh-

ean, ana-creidich, coin, madaidh-alluidh, dearcas luachair a mhùghas 'an dath, easganna, uile-bheistean ioma-cheannach, daolagan, meanbh-chuileagan, dealachataill."

Dh' fhosgail Constantin an Seanadh ann am briathran mìne nach tugadh oilbheum do thaobh seach taobh, mar is gnàth le rìghrean a dheanamh, agus an sin thòisich an deasbud. Labhair Arius air a shon féin, agus tha e air a ràdh gu'n do chuir na thubhairt e a leithid de fhearg air fear de na seanairean 's gu'n do leum e agus gu'n do bhuail e dòrn air ann an taobh a' chinn. Cha 'n argumaid laghail a tha anns an dòrn, ach cha robh argumaid eile aig an fhear ud a bhuail Arius, oir cha bu sgoilear e, agus cha mhò a bha e eòlach anns an Sgrìobtur. B'e an Sgrìobtur an urrainn a bha aca, taobh air taobh, ach gabhaidh an sgrìobtur éigneachadh cho mhaith ris an t-sean-fhacal, agus bha e air éigneachadh ann an Nicea uair is uair.

Bha Constantin car coma cò an taobh leis an rachadh an latha; cha robh dad aige-san anns an t-sealladh ach *aonachd* fhaotainn anns an eaglais, agus an uair a tha duine cho cumhachdach ri Iompaire a' stiùradh seanaidh gus sin fhaotainn, faodaidh e bhith nach 'eil an co-dhunadh gus an tig an seanadh idir cho cudthromach 's a tha e a' sealltainn. Ann an Nicea bha daoine air gabh taobh a bha air son Constantin a thoileachadh, agus rinn iad sin na b' urrainn daibh gus foirm fhacal fhaotainn a riarachadh Arius agus Athanasius, dìreach mar a dh' fheuch Lloyd George ri foirm fhacal fhaotainn a riarachadh an dà bhuidheann de na h-Eirionnaich. Ach tha e duilich dhuit facal fhaotainn a tha ciallachadh *Seadh* agus *Cha 'n cadh* aig an aon àm. Theagamh gu'm faighear am facal sin fhathast, ach ma gheibh, tha mi an dòchas nach e na diadhairean a gheibh e, agus gu'm fàgar e aig sliochd Ghallio.

Ach gus mo naigheachd a ghiorrachadh bha beachdan Ariuis air an dìteadh leis a' mhòr-chuideachd, agus ged nach robh e féin toilichte leis a' chreud ùr a bha air a dheanamh, chuir cuid dà luchd-leanmhuinn an làmh ris. Ach a dh' aindeoin sin dh' fhana theagasg beò anns an eaglais fad iomadh latha, agus a ràdh na firinn chà do bhàsaich e riamh. Tha e beò an diugh fhathast, agus là air chor-eigin feumar a' cheist so fhosgladh as ùr. An uair a thachras sin, cò a' chléir as an tig am ministear air an cuir beachdan nan Arianach corruich cho mhòr 's gu'm buail e dòrn air an eiriceach? Sin agad, a leughadair, tomhseachan.



Tha mòran nithean agam fathast ri ràdh rìbh, ach cha 'n urrainn sibh an giùlan an tràth so.—Eoin xvi., 12.

Tha aon cheum ann co-dhiu anns a bheil daoine an là diugh na's fheàrr na muinntir an t-seann t-saoghail; tha inntinn iriosal aca a thaobh diomhaireachd na diadhaidheachd is rùintean diomhair Dhé. Bha na seann daoine a' gabhail orra gu'm b' aithne dhaibh inntinn Dhé gu h-ìomlan, agus chuireadh iad a mach as an eaglais duine air bith a chuireadh teagamh 'n an teagasg, ach tha daoine a' fàs na's glìce an diugh, agus mar is glìce a dh'fhàsas iad, is ann is cinntiche a tha iad nach h-aithne dhaibh ach 'n an cuid. Ma chunnaic iad crioman beag de 'n fhìrinn cha 'n 'eil anns na chunnaic iad ach earlais bheag an coimeas ris na tha foluichte orra.

An uair a bha Crìosd a' fagail nan deisciobul cha bu mhaith leis gu 'n saoilleadh iad gu robh iad ìomlan ann an eòlas Dhé, no gu robh iad cheana foirfe. Thuirt e riu gu robh mòran nithean aige ri ràdh riu, ach gu 'm biodh na nithean sin air an nochdadh dhaibh leis an spiorad Naomh, an uair a bhiodh iad deas air son an fhoillseachaidh. "Treòraichidh esan sibh a chum gach uile fhìrinn, oir gheibh e de 'm chuid-sa agus nochdaidh e dhuibhse e."

A bheil an gealladh so air a choimhlionadh dhuinne? A bheil sinn a' fàs ann an eòlas air Dia agus air a rìoghachd? No am bheil sinn an diugh fathast a cheart cho fad air ar n-ais 's a bha sinn o' chionn fhichead bliadhna. An uair a leughas tu eachdraidh Abraham chì thu gu robh Abraham *daonnan* ann an companas ri Dia; gu robh facal an Tighearna a' tighinn thuige an dràs 's a ris. B'è sin a rinn beatha is creideamh Abraham cho ùrar beò; cha do shocruidh e riamh air a dheasgana, agus cha mhò a bheathaich e air seann mhana. Bha mana ùr is solus ùr a' tighinn thuige o neamh gun sgur.

A thaobh teagasg Crìosd tha e fìor gu bheil cuid d'èith ris nach do ghabh an saoghal fhathast, agus cuid eile nach do thuig daoine riamh gu ceart. Thachair dha mar a thachair do 'n t-sìol a chuir am fear-cur anns a' chosmhàlachd; thuit cuid d'èith ann an talamh glé mhaith, ach thuit cuid eile ann an talamh cho fuar 's nach 'eil am fochann ach a' tòiseachadh air tighinn.

Labhair Dia o sheann ris an t-saoghal leis na fàidhean; anns na làithean deireannach l bhair e le Mhac, ach cha do sguir Dia de bhruidhinn an uair a shiùbhail na fàidhean,

no an uair a dh'fhàg Crìosd an saoghal; tha Dia a' labhairt r' a chloinn an diugh fhathast cho cinnteach 's a bha e anns na làithean o shean, agus do'n duine a chluinneas guth an Tighearna, tha am facal ùr sin dha 'na fhìor fhacal Dhé, co-ionnan ris na sgrìobhturan.

An dràs 's a ris cluinnear daoine a' gearan nach 'eil suim aig an eaglais an diugh do chreideamh agus do theagasg fallan mar a bha aig ar n-aithrichean, ach nach faod e bhith gur h-e an t-aobhar air a sin, gu bheil an eaglais an diugh a' creidsinn na's mò ann an ministrealachd an Spioraid Naomh, agus a' cumail a cluasan fosgailte ris an fhacal bheò! An àite a ràdh gu bheil an eaglais a' cùl-shleamhnachadh an uair a tha i a' toirt thairis cuid de na puingean-creidimh a bha i aon uair a' teagasg, is e bu chòir duinn a ràdh gu bheil i a' cur nithean leanabail air cùl a chionn gu bheil Spiorad beò an Tighearna a' toirt solais is dearbhachd dhith mu nithean a bha foluichte bho a sùilean roimhe so. Cìod a tha ann do dhaoine ach an fhìor ladarnas, a bhì saòilsinn gu 'n do thuig iadsan uile rùintean an Tighearna, agus nach fhaigh an clann solus ùr no eòlas ùr nach 'eil aca-san! Cha do ràinig eadhon na h-abstòil air diomhaireachd na diadhaidheachd ach ann an cuid, agus tha eòlas spioradail aig mòran chreidmheach an diugh nach robh eadhon aig na h-abstòil.

A thaobh tuigse is eòlas spioradail tha an saoghal fhathast ann an aois a leanabachd, a' tuigsinn mar leanabh agus a reusonachadh mar leanabh ach an uair a thig e gu ìre duine cuirear nithean leanabail air chùl. Cha 'n urrainn an eaglais a ràdh fhathast gu 'n do thombais i leud is àirde is dòimhn-eachd an fhoillseachaidh a thug Crìosd dhuinn. Tha mòran nithean air nach do ràinig an linn so fhathast, ach a bhios soilleir do 'n linn a thig 'n ar déidh. Tha a h-uile gineal a' faotainn sealladh sònruichte air Crìosd, agus riarachidh an sealladh sin iarrtus an anama, ach cha do rannsaich gineal air bith lànachd a ghlòir-san. Tha glòir ùr is màise ùr a' feitheamh air a' chloinn nach fhaca an aithrichean riamh.

Tha an Spiorad Naomh a' còmhnuidh anns an eaglais an diugh cho cinnteach 's a bha e a' còmhnuidh innte ann an làithean nan Abstol, agus air an aobhar sin, cha leigear a leas a bhì fo eagal gu 'n toir teagasg an diadhair ud no an diadhair ud eile air an eaglais tuiteam air falbh bho 'n cheideamh. Gleidhidh Spiorad an Tighearna an eaglais air an t-slighe cheart, agus dearbhaidh tim co dhiu is ann o Dhia a tha teagasg nan diadhair nan òga a

bhios a' cur dragh air Israel. Is e an aon Slànuighear a tha na linn-tean uile ag aoradh, ach cha 'n e an aon choslas a tha iad uile a' faicinn air. Ach cha 'n ann air Crìosd a thàinig atharrachadh air bith, ach air na sùilean a tha sealltainn air, agus air na cridheachan a tha deanamh aoraidh da.

Tha Dia a' toirt an t-saoghail air aghaidh ceum air cheum; tha e a' teagasg na firinn do 'n eaglais uigh ar n-uigh. Cha 'n eirich olc do 'n chreideamh ma chumas an eaglais a cluasan fosgailte ri guth an Spioraid a tha labhairt rithe, agus ma ghabhas i ris gach foillseachadh ùr a bheir e dhi.

A thaobh freasdal Dhé ann am beatha dhaoine tha e fìor nach h-urrainn iad a ghiùlan ach uigh ar n-uigh. Ann an riaghladh ar beatha cha 'n e mhàin gu bheil breitheamh na talmhainn uile a' deanamh an ni a ta ceart, ach tha e daonnan 'g a dheanamh aig an àm cheart. An uair a sheallas sinn air ar n-ais, agus a mheòmhraicheas sinn air freasdal an Tighearna d' ar taobh, chì sinn gu soilleir gu'n do thomhais e ar n-uallaichean ri ar neart. Air uairean bidh sinn a' gearan gu bheil Dia a' foluch a rùintean oirnn, agus gu'm biodh cùisean na b' fheàrr na 'n robh fhios againn ciod a tha air thoiseach oirnn. Ach cha 'n 'eil sin ceart. Taing do Dhia nach léir dhuinn ciod a tha air thoiseach oirnn, oir cha b' urrainn sinn a ghiùlan. Is ann de chaombalachd an Tighearna a tha e gu bheil a rùintean air an foluch oirnn gus am bi sinn deas air an son. Maith dh' fhaoite gu 'm briseadh an t-uallach a tha do choimhearsnach a' giùlan an diugh do chridhe-sa na 'n robh e air a leagadh ort, ach theagamh gu'm bi a' cheart uallach ort féin an ath-bhliadhna, agus gu'n giùlan thu e la faighidin an sin.

Ach ged nach do thuig sinn fhathast ach ann an cuid, agus a tha mòran eile aig Dia ri ràdh ruinn, mar is urrainn sinn a ghiùlan, gidheadh cha 'n 'eil sinn anns an dorchadas an dràsd, oir tha gu leòir de sholus againn gus ar beatha òrduchadh a réir toile an Tighearna. Cha 'n e cion soluis ach cion toile a tha cumail dhaoine air an ais anns a' bheatha spioradail. Cha 'n e an t-aineolas ach gaol a' pheacaidh a tha dalladh an sùl, agus a tha foluch orra nan nithean sin a dh' fhoillsicheas Dia do'n dream aig a bheil gràdh dha.

DUGHALL BUCHANAN.

LEIS AN OLLAMH DOMHNALL MAC FHIONGHAIN NACH MAIREANN.

(Anns a' bhliadhna 1876 sgrìobh an t-Ollamh Mac Fhionghain, fear-teagaisg na

Gàidhlig an Dunéideann, paipearan fiachail mu litreachas nan Gàidheal, ach a thaobh 's gu bheil na paipearan sin tìodhlaichte ann an seann mhìosachan a tha nis marbh, agus nach deachaidh an cur cruinn ann an leabhar, tha amharus againn gu bheil mòran d' ar luchd-leughaidh nach fhaca riamh iad. Tha fhios againn, mata, gu 'm bi iad 'n ar comain air son nam paipearan sin a thoirt am follais, agus gu sònruichte am paipear a sgrìobh an t-Ollamh Mac Fhionghain mu Dhùghall Buchanan.)

Am measg nam bàrd Gàidhealach a sgrìobh laoidhean cha 'n 'eil aon a fhuair agus, a réir mo bheachd-sa, cha 'n 'eil aon a thoill. Cluich cho àrd ri Dùghall Buchanan. Dh' aontaich an roinn mhòr d' ar sluagh anns gach ceàrn, agus gu h-àraid a' chuid is tuigsiche dhiubh, 'n a ràdh nach 'eil agus nach robh bàrd spioradail d' ar cinneadh air a' bheil iomradh againn a choimeas ar Dùghall Buchanan.

Air uairean bha breith ar sluaigh clì mu thimchioll nam bàrd a bha toillteanach air urram; ach 'n an dùiseachd do Dhùghall Buchanan, co-dhiù a bhuineadh iad do'n Ear no do'n Iar, do'n Tuath no do'n Deas, co-dhiù bha iad sean no òg, fòghluimte no aineolach, bha am breith gun amharus cothromach agus ceart. Tha e air aithris mar dhearbhadh air cumhachd an duine thairis air inntinnean an t-sluaigh a chual a ghuth, gu'n robh e a' searmonachadh air là àraid do dhà chinneadh aig an robh a leithid de naimhdeas d'a cléile agus nach faodadh iad tighinn cuideachd gun aimhreit a bhì eatorra; gu'n do sheas Buchanan air cloich ann am meadhon aibhne le buidheann air gach taobh de'n abhainn; gun do labhair e le leithid de chumhachd agus aig crìch na seirbhis, gu'n do ghlac na naimhdean làmban a chèile, agus gu'n do sgaoil iad 'n an càirdean. Lean cumhachd a' bhàird thar inntinnean Ghàidheal gus an là an diugh: "Air dha bhì marbh tha e fathast a' labhairt." Le laoidhean Dhùghail Buchanan 'n an làmban, tha gach conghional Gàidhealach deas gus an eud, 's am farmad, 's an coimheachas a dhi-chuimhreachadh, agus mur crùn iad e 'n a rìgh nam bàrd, aoidichidh iad gu léir gur e, gun teagamh, bàrd nan laoidh.

Rugadh Dùghall Buchanan bho phàrantan diadhaidh, mar tha e féin ag innseadh, ann an sgìreachd Bhotheuidir, anns a' bhliadhna 1716. Bha 'athair ann an dòigh chothromach gun bhì saobhir. Mu'n robh e ach sé bliadhna dh' aois chaill e a mhàthair. Fhuair e deagh sgoil, oir tha e air innseadh dhuinn gu'n deachaidh e mach a theagasg cloinne 'n a dhà bhliadhna dheug. Thug e dearbhadh air buaidhean àrda bho 'oige. Tha e féin ag

innseadh le bròn ro mhòr gu'n robh a thlachd ann an òrain fhaoin; agus tha iomradh gu'n do rinn e òrain e féin. agus gu'n do chruinnich e roinn de sheana bhàrdachd a dhùthcha. Ma tha so fìor tha a' chuid so d'a shaothair gu bràth air chall. A réir a chunntas féin bha e aingidh thar tomhais. Dh' ionnsaich e an t-saorsainneachd 'n a òige, agus chuir e seachad greis d'a shaoghal ann an caochladh àitean, aig a cheird.

An uair a bha e còig bliadhna fichead a dh' aois fhuair e ann an tomhas saorsa o'n staid mhuladaich anns an robh e le ana-creideamh, le aingidheachd, agus le uamhas mu thimchioll cor 'anama. Chuir e seachad mòran d'a ùine a' dol o àite gu àite a dh' éisdeachd mhinistearan ainmeil. Chaidh e gu *Cambuslang* a dh' éisdeachd *Mhr. Whitefield*. Phòs e anns a' bhliadhna 1749. Mu thrì no ceithir de bhliadhnaich ann 'n a dhéidh so, fhuair e 'na mhaigstir-sgoil ann an Raineach, agus dà bhliadhna 'n a dhéidh sin 'n a cheisteir, le ùghdarras o'n Eaglais a bhi teagasg an t-sluaigh. Bha e 'n a chleachdadh aige a bhi toirt cuairt air feadh roinn mhòr de 'n Ghàidhealtachd anns an t-samhradh, a' searmonachadh an t-soisgeil. Chaidh 'ainm mar fhear-teagaisg an fad 's an farsuingeachd. Bha e 'n a dheagh sgoileir Gàidhlig. Thug e cuideachadh luachmhor, tha e air aithris, do'n Ollamh Stiubhart, ministear Chillfhinn, ann an eadar-theangachadh an Tiomnaidh Nuaidh gu Gàidhlig. Bha e ann an Dunéideann mu'n chùis so anns a' bhliadhna 1766. Shearmonaich e do Ghàidheil a' bhaile mhòir sin an uair a bha e fuireach ann. Chruinnich e comh-thional, agus dh' fheuchadh ri fhaotainn mar mhinistear thairis orra. A chum ullachadh air son an dreuchd so, thug e bliadhna no dhà anns an oil-thigh; ach cha do rinneadh ministear de Dhùghall Buchanan. Chur e mach na Laoidhean anns a' bhliadhna 1766, agus dà bhliadhna 'n a dhéidh so, ann an tréine a neirt agus ann an meadhon 'aois. ghearradh air falbh e, ann an Raineach, le fiabhras trom.

Bho 'n a chuir Dùghall Buchanan a mach na Laoidhean an toiseach, chaidh an clò-bhualadh o'n àm sin uair-thar-fhichead—urram nach d' fhuair leabhar Gàidhlig eile, a mach bho na Sgrìobhturan agus bho Leabhar Aithghearr nan Ceist. Dh' eadar-theangaich eadh do'n Bheurla na Laoidhean le triùir dhaoine fòghluimte; Mr. Mac Griogair nach maireann ann an Raineach; Mr. Fairbeis nach maireann, ministear Shléibhte; agus Mr. Mac-na-Ceardadh, ministear na h-eaglais Shaoir anns a' Cheannmhoir.

Tha e a' toirt a' chunntais a leanas air staid inntinn an uair a bha e mu sheachd bliadhna

dh' aois: "An sin thòisich an Tighearna air m' fhiosrachadh le seallaidhean uamhasach; aislingean anns an oidheche a chuir eagal ro mhòr orm. Bhruadair mi gu tric gu'n d' thàinig là a' bhreitheanais, agus gu'n robh losa air teachd anns na neòil a chum breith a thoirt air an t-saoghal, agus gu'n robh gach uile shluagh air cruinneachadh fa chomhair a chathrach, agus gu'n do thearb se iad 'n an dà bhuidheann—aon air a làimh dheis agus an t-aon eile air a làimh chlì; agus chunnaic mi mi-féin maille ri buidheann eile air mo dhìteadh a chum losgadh sìorruidh." Bha an sealladh so cho tric fa chomhair suil Dhùghail Buchanan, 'n a chadal agus 'n a dhùsgadh, agus gu'm faodar a ràdh gu'n robh *Là a Bhreitheanais* sgrìobhta air clàr inntinn bho òige.

De 'n cheathrar so, Mac-Mhaighstir-Alastair, Donnacha Bàn, Rob Donn agus Dùghall Buchanan, cò is airidh, mar bhàrd, air a' chliù is àirde? A réir mo bheachd-sa is e Dùghall Buchanan as airidh air an urram so, an dà chuid air son na sgrìobh e agus air son na dh' fhàg e gun sgrìobhadh. Tha fhios agam gu bheil a' mhòr chuid de'm luchd-dùthcha de atharrachadh barail, agus *Professor Blackie*, duine a tha 'n a bhàrd e féin agus 'n a bhreitheanb air bàrdachd. Ach a réir mo bheachd-sa tha bàrdachd Dhùghail Buchanan a' toirt bàrr air gach bàrdachd Ghàidhealach eile a tha againn, a mach maith dh' fhaoidte o *Ossian* Mhic-Mhuirich agus o *Sheann Dana* Mhic-a-Ghobhainn, anns na feartan a leanas, an measg fheartan eile a dh' fhaoidte ainmeachadh:—

I.—*Tha i so-thuigsinn*. Cha 'n fhiosrach mi bàrd ainmeil Gàidhealach ach Dùghall Buchanan is urrainn mi leughadh o cheann gu ceann, agus smuain a' bhàird a thogail agus a leantuinn anns gach sreath agus anns gach rann. Cha 'n 'eil mi meas gur ann agam féin a tha choire, oir tha cànan mòran de na bàird Ghàidhealach na's dùthchasaiche dhomh na tha cànan Dhùghail Buchanan. Agus saoilidh mi gur cliù agus nach coire do Dhùghall Buchanan gu bheil a' chùis mar so. Na 'm biodh a smuain ìosal, faoin, lag, cha bu chliù dha gu'n rachadh aige air a cur gu soilleir ann an cainnt. Ach ann an coimeas r' ar bàird Ghàidhealach tha smuain Dhùghail àrd domhain. Is cliù mòr dha, mata, gu'm faic an leughadair an sealladh a bha fa chomhair an ùghdair cho fad agus is urrainn do inntinn lag, chumhann, an sealladh a bha fa chomhair inntinn làidir fhar-suing a chuirteachadh. Ach is gann is urrainn dhomh taobh-duilleig de bhàrdachd Dhonnachaidh Bhàin, no Mhic Mhaighstir Alastair, a leughadh agus a ràdh gu bheil

brìgh thuingeach fa chomhair m' inntinn airson gach rann agus sreath. Gu minic faodaidh e bhith, gu robh sealladh soilleir aig a' bhàrd 'n a inntinn féin air an smuain a tha e feuchainn ri chur an cainnt; ach is e mo bheachd nach do shocruidh e air uairean gu roro mhaith 'n a inntinn an ni a bu mhiann leis a ràdh, agus air uairean eile bhiodh e duilich leam a chreidsinn gu 'n robh smuain idir aige fa chomhair na h-inntinn.

II. Tha smuain a' bhàird, mar is trice, àrd; tha i an còmhuidh tuigeach. Bhiodh e faoin a ràdh, agus cha bhiodh e fìor, gu bheil smuaintean Dhughail Buchanan cho àrd air uairean agus a tha iad air uairean eile. Cha do sgrìobh e ach beagan de rannan ann an coimeas ri mòran d'ar bàird. Cha 'n 'eil anns na *Laoidhean* aige air fad ach gaun mìle gu leth sreath; agus anns a' bheagan so gheibhear caochladh mòr ann am fìor-chumhachd. A réir mo bharrail-sa, tha "Fulangas Chrìosd," "Mòrachd Dhé," agus "Urnuigh," ann an cumhachd bàrdachd air deireadh air a' chòrr de na *Laoidhean*; agus tha "An Gaisgeach," "An Claigeann," agus "Là a Bhreitheanais" air thoiseach. Faodaidh e bhith nach 'eil Buchanan, an uair is àirde e, dad air thoiseach, air cuid de na bàird eile, na thig e nios riu. Gheibhear aig Rob Donn smuain cho gear, agus aig Donnachadh Bàn agus aig Mac-Mhaighstir-Alastair cainnt cho maiseach, agus rann cho ceòlmhor agus a' gheibhear aig Dùghall Buchanan an uair is feàrr e. Ach tha Dùghall coimhlionta seach na bàird so. Mur bheil e ag éirigh na's àirde cha 'n 'eil e a' tuiteam cho ìosal. Tha sean-fhacal againn anns a' Ghàidhlig: "Cha téid thu air d' each mòr gun dol thairis air." Tha mi de 'n bheachd gu'n do leum Donnachadh Bàn agus Mac-Mhaighstir-Alastair gu tric gun àirde an eich a thomhas; agus an àite stad gu socrach air a dhruim gu'n do thuit iad anns a' chlabar air an taobh eile. Cha 'n 'eil mi ro chinnteach gu bheil Dùghall Buchanan an còmhuidh saor o'n chron cheudna, ach cha 'n 'eil peacadh Dhùghail an uair is trime e ach faoin ann an coimeas ri peacadh Mhic-Mhaighstir-Alastair, an uair a tha e ag ràdh ann an "Beannachadh Luinge,"

*An fhairge uile is i 'n a brochan
Strioplach, ruaimleach,
Le fuil 's le gaor nam bìast lorcach
'S droch dhath ruadh orra, &c.*

Ann an tuigse, ann an ciall, agus gu h-àraid anns an nì sin ris an abrar anns a' Bheurla *taste* bha Buchanan fad air thoiseach air na bàird a dh' ainnich mi.

III. Tha co-chòrdadh dlìgheach air a ghleidheadh, mar is trice, eadar an smuain, a' chainnt, agus an rann. Tha mi meas gu

bheil Mac Mhaighstir Alastair, ann an roinn mhòr d'a bhàrdachd, a' toirt dearbhadh air neart ann an smu in agus an cainnt is gann a gheibhear ann an saothair aon eile d' ar bàird Ghàidhealach. Agus saoilidh mi gu bheil e fìor nach robh aon d'ar bàird aig an robh cumhachd Dhonnachaidh Bhàin ann a bhith cur cainnt fhuaimneach, bhlasda, ann an roinn mhilis, cheòlmhor, a ghabhadh leughadh agus seinn gun stad gun mhearachd. Ach is éigin aideachadh, ged dh' uisnich an dà bhàrd ainmeil so gu tric an cumhachd uile gu léir ann an dòigh ionmholta, gu'n d' thug iad seachad air uairean eile ranntachd gun toinise, mi-sheadhar,—ann an smuain, an cainnt, agus an rann. Cha bhàrdachd a bhith torradh fhacal air muin fhacal, mur bheil an smuain d'a réir, cia air bith cho ceòlmhor agus a tha fuaim na roinne. Cò a their gur bàrdachd an rann so?

*A' Bhealltainn bhog-bhailceach, ghrianach,
Lònach, lianach, mo ghràidh,
Bhainneach, fhionn-mheagach, uachdrach,
Omhanach, loinideach, chuachach,
Ghruthach, shlamanach, mhiosrach,
Mhiodrach, mhiosganach, làn,
Uanach, mheannanach, mhaoiniach,
Bhocach, mhaoiseach, làn àil.*

Gheibhear roisgeulaich de 'n t-seòrsa so 'n ar bàrdachd Ghàidhealach ro thrì; ach cha 'n fhaighear a leithid ann an *Laoidhean* Dhùghail Buchanan. Ach tha mi meas gu'n toir Buchanan le aon fhacal no dithis a smuain fa d' chomhair na's soilleire na bheir càch gu tric le fichead. Anns na samhlaidhean a tha e a' cleachdadh a chum a smuain a shoillearachadh, bheir Buchanan, a réir mo bheachd-sa, bàrr air gach bàrd Gaidhealach a tha againn. Tha cuid de na samhlaidhean so a tha nis 'n an sean-fhacail. Tha cuid dhiubh air nach toirear bàrr ann an cànan air bith.

Cha'n fhiosrach mi gu'm faighteach sreath is iomlaine na i so ann an cànan fo 'u ghréin, an smuain, an cainnt, na an ceòl.

Cha robh e òg is sean cha bhì.

Cha do chuir duine riamb an fhìrinn nach ruig inntinn an duine air an t-siorruidheachd a bbreithreachadh ann an cainnt cho soilleir agus cho greadhnach agus a chuir Dùghall Buchanan anns an rann so:

*Ged àireamhainn uile veùltan nèimh,
Gach fear is duilleach riamb a dh' fhàs,
Mar ris gach braon ata 's a' chuan,
'S gach gaineamh chuairticheas an tràigh;
'S ged chuirinn mìle bliadhna seach,
As leth gach aon diubh sud gu léir,
Cha d' imich seach de'n t-siorruidheachd
mhòir,
Ach mar gu'n tòisicheadh i 'n dé.*



GRAS AM PAILTEAS.

Tha mi a' toirt buidheachais do Iosa Crìosd ar Tighearna do bhrìgh gu'n do mheas e mi dìleas, 'g am chur 's a' mhinistrealachd; a bha roimh am fhear-labhairt toibheim, am fhear-geur-leanmhuinn, agus am dhuine eucorach, ach fhuair mi tròcair do bhrìgh gu'n d' rinn mi so tre aineolas, ann am mì-chreideamh.—Tim. 1, 12-13.

Tha e furasda gu leòir a thuigsinn o'n droch theisteanas a tha Pol a' toirt air fhéin gu'n do theab a chridhe briseadh le h-aithreachas air son an lom-sgrìos a rinn e air an eaglais ann an làithean 'òige, agus gu robh e 'n a fhaochadh d'a chridhe a dhroch dheanadas aideachadh. "Bha mi am fhear-labhairt toibheim, agus am fhear-geur-leanmhuinn agus am dhuine eucorach." Tha na facail *toibheim* is *geur-leanmhuinn* cho làidir ann an Gàidhlig 's a tha iad ann an Gréigis, agus cha ruig sinn a leas an còrr a radh umpa, ach faodar a ràdh nach 'eil am focal *duine eucorach* idir cho searbh salach ris an fhacal a sgrìobh Pol. Cha 'n 'eil am facal air a chleachdadh ach dà uair anns an Tiomnadh Nuadh, ann an *Rom. i.*, 30, far a bheil e air eadar-theangachadh, *luchd-tarcuis*, agus anns an rann so far a bheil e air eadar theangachadh, *duine eucorach*. Is e an seòrsa duine ris an abrar am facal a sgrìobh Pol, duine a ni an t-òle air sgàth uile, no duine aig a bheil cridhe cho cruaidh 's gur gasda leis a bhi faicinn dhaoine eile a' fulang péin, ann an aon fhacal, duine anns an deachaidh am mac-mallachd gu tur. Tha Pol ag aideachadh gur h-e sin an seòrsa duine a bha ann féin agus nach b' airidh e air tròcair Dhe. Ach b'e deagh thoil Dhe cha 'n e mhàin tròcair a nochdadh dha ach a thaghadh gu bhi 'na shearmonaiche do na cinnich. B'e sin do Phol iongantasan nan iongantasan; tha cainnt a' teirgsinn air, gach uair a thòisicheas e air labhairt air ro-phailteas gràs Dhe.

"Fhuair mi tròcair do bhrìgh gu'n d' rinn mi so tre aineolas, ann am mì-chreideamh." Cha b' ann a' gabhail a lethsgèil a bha Pol an uair a sgrìobh e na briathran sin, ach ag àrdachadh gràs Dhe. Bha fios aige gu robh mòran d'a luchd-dùthcha a cheart cho gamb-lasach ris-san an aghaidh deisciobuil is eaglais Crìosd, ach bha fios aige mar an ceudna nach d' fhuair iad sin uile tròcair. C'ar son a nochd Dia a mhaitheas dha-san? B'e sin ceist nach b' urrainn dha fhuasgladh. Cha b' urrainn dha solus a chur air freasdal Dhe d' an taobh-san, ach b' urrainn

dha a radh d'a thaobh féin—agus tha e 'g a ràdh le gairdeachas—gu robh gràs Dhe thar tomhas ro-phailt dha. Ach ged nach b' ann 'g a fhìreanachadh féin a thug e tarruing air 'aineolas ann an làithean 'òige, faodar an fhìrinn a theagasg gu bheil aineolas a' lughdachadh is eòlas ag an-tromachadh cionta, agus gur h-e am peacadh as mìosa peacadh na feadhnaich a tha peacachadh an aghaidh an soluis. Mur biodh sin fìor cha 'n abradh Pol mar a thubhairt e ann an aon d'a litrichean, "cha chuirear peacadh as leth dhaoine far nach 'eil lagh," *Rom. v. 13*, agus cha mhò a dheanamh ar Slànuighear an ùrnuigh a rinn e as leth nan daoine a chuir gu bàs e, "Athair, thoir maitheanas dhaibh oir cha 'n 'eil fios aca ciod a ta iad a' deanamh." Tha Dia ceart ann am breitheanas agus bheir e breith air daoine a réir an cothrom.

A dh'aindeoin an droch cliù a tha Pol a' toirt air féin faodar a chreidsinn nach robh a chridhe idir òle no cruaidh m' an deachaidh iompachadh, agus nach robh tlachd sam bith aige anns a' bheubanachd a bha e a' deanamh air na Crìosduidhean. Bha e eudmhor air taobh a' chreidimh Iudhaich; bha e cho eudmhor air taobh lagh Mhaois 's gu'm b' fheàrr leis a cheann a chall seach gu'n rachadh aon lide de'n lagh a chur air chùl, agus bha e an dùil gu robh e mar fhiachaibh air, an t-seirbhis ud a dheanamh do Dhia agus na Crìosduidhean a shaltairt fo chasan air eagal gu'n tugadh iad an sluagh a thaoibh. Cha bu chealgair Pol aig an àm anns an do rinn e làmbachas-làidir air na creidmhich, agus cha do pheacaich e an aghaidh a choguis. Ach ged a bha e eudmhor cha robh 'eud a réir eolais; an uair a fhuair e an solus fìor 's a bha a shùilean air am fosgladh chunnaic e agus a ghluimharan agus rinn e aithreachas an saic-eudach 's an luathre. Chunnaic e nach b' ann do Dhia ach do Shatan a bha e a' deanamh seirbhis ann a bhi ruagadh nan Crìosduidhean, agus gu robh e a' spionadh as a bun a' chraobh a shuidhich an Tighearna. Bha e a' ceusadh Mac Dhe as ùr agus 'g a chur gu nàire fhollaisich. Cha b'e creidmhich Ierusalem a mhàin a bha e goirteachadh: bha e a' lot an Tighearna Iosa "A Shaul, a Shaul, c'ar son a ta thu a' deanamh geur-leanmhuinn *ormsa?*" Anns an Tiomnadh Nuadh tha iomadh samh-ladh air a chleachdadh chum an t-aonadh a tha eadar Crìosd 's a shluagh, eadar an eaglais is ceann na h-eaglais, a dheanamh soilleir, ach tha mi an dùil nach 'eil facal eile

anns a' Bhìobull as fheàrr a tha nochdadh an aonaidh sin na'm facal so. Cha b'è a thuir Crìosd ri Saul, c'ar son a tha thu a' deanamh geur-leanmhuinn air m' eaglais no air mo shluagh, ach c'ar son a tha thu a' deanamh geur-leanmhuinn *ormsa*. Tha esan is 'eaglais 'n an aon, agus tha ceangal cho dlùth eadar e féin 's a shluagh 's gu bheil e fo àmhghar 'n an uile àmhghar-san. Leis na buillean a bha Pol a' toirt air na deisciobuil bha e a' lot corp Iosa, a' reubadh a làmhnan agus a chasan, agus a' cur sleagh 'n a thaobh.

An uair a sheall Pol air ais air an t-slighe air an do threòraich Dia e a steach d'a rìoghachd cha 'n 'eil e iongantach gu robh a chridhe air a lìonadh le taingeachd air son tròcair an Tighearna a thug maitheanas dha. agus gu 'n d' thubhairt e gur h-ann tre ghràs Dhe a bha e an ni a bha e. Cha b' esan a thagh Dia ach thagh Dia esan, agus b'è a dheagh thoil a mhac fhoillseachadh ann. Leis an fhiosrachadh a bha aige 'n a bheatha féin air saor-ghràs Dhe cha b' urrainn dha teagasg sam bith eile a thoirt do na cinnich ach an teagasg 's an soisgeul farsuing a thug e dhaibh: "cha 'n 'eil sibh fo 'n lagh ach fo ghràs, *Rom. vi. 14.*" "Is ann le gràs a tha sibh air bhur teàrnadh, tre chreideamh; agus sin cha 'n ann uaibh fein: is e *tìodhlac* Dhe e, *Eph. ii. 8.*"

Cha robh seirbhiseach riamh ann an eaglais Chrìosd air thalamh a bu dilse na Pol, agus faodar a ràdh gu 'm b'è am fiosrachadh pearsona a bha aige air tròcair is maitheas an Tighearna d'a anam a bha 'n a mheadhon air a thaingeachd is 'eud a chumail beò. Bha e a' faireachduinn gu 'n do chuir Dia comain cho mhòr air-san 's nach b' urrainn dha fhiachan a phàigheadh gu bràth ged a chosgadh e a theanga ag àrdachadh a chliù, agus ged a chosgadh e a bhodhig a' searmonachadh a shoisgeil. Bha e 'n a iongnadh ùr dha gach latha d'a bheatha gu 'n do rinn Dia tròcair air, agus bha gràs Dhe a' deanamh a chridhe cho aoibhneach 's gu robh e an dùil nach b' airidh cuspair eile a bhi labhairt air, an coimeas ris.

Cha 'n 'eil e furasda do dhaoine nach deachaidh riamh ann an comain an Tighearna dòigh-labhairt Phoil a thuigsinn: saoilidh daoine nach do rinn aon chuid caoidh air son am peacanna, no nach d' fhiosraich tròcair Dhe gu bheil Pol a' leigeil ruidh le theanga 'nuair a thòisicheas e air gràs Dhe a mholadh. Ach cuiridh iadsan uile a bhla is maitheas Dhe, agus a' fhuaire ann an Crìosd tròcair is deagh-ghean Dhe, an aonta ri cainnt an abstoil agus gairmidh iad air an anam an Tighearn a mholadh.

A dh'aindeoin teagasg an Tiomnaidh

Nuaidh tha daoine ullamh gu bhi saoilinn nach 'eil Dia cho fialaidh 's a tha Pol ag ràdh. Is maith leo cuing a chur air a ghràs, mar nach biodh gràdh Dhe ach air son na feadhnach a tha airidh air. Cha 'n 'è sin soisgeul Phoil: is e a thuir esan, "Tha Dia a' moladh a ghràidh fein dhuinne do bhrìgh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich gu 'n d' fhuiling Crìosd bàs air ar son." Cha 'n 'eil spìocaireachd ann an Dia. Tha a chridhe mòr agus a làmh fialaidh. Tha a thròcair farsuing mar an cuan. An uair a nochdas e a ghràs nochdaidh e e am pailteas; an uair a bheannaicheas e beannaichidh e gu saoihbhir. Lìonadh e cupan a shluagh gus an cuir e thairis.

Chuir Dia comain air Pol 'nuair a thug e dha maitheanas, ach chuir e comain a bu mhòtha air an uair a dh' earb e an soisgeul ris, mar tha e féin ag ràdh. "Tha mi," ars' esan, "a' toirt buidheachais do Iosa Crìosd ar Tighearna do bhrìgh gu 'n do mheas e mi dileas, 'g am chur anns a' mhinistireil-eachd." An uair a tha Crìosd a' teàrnadh anam duine cha 'n 'eil e 'g a theàrnadh gu aobhar; an uair a tha e 'g a ghairm tha e 'g a ghairm gu seirbhis; agus am measg gach comain is urram a tha e a' cur air a shluagh cha 'n 'eil comain is motha no urram is àirde na gu bheil e 'g an aideachadh mar luchd-oibre maille ris féin ann an rìoghachd Dhe air thalamh. Agus a h-uile duine a dh' fhiosraich tròcair an Tighearna, bidh iartrus aca air a ghràs a mholadh mar a rinn Pol, agus seirbhis a dheanamh dha.

Gràs am pailteas,—b'è sin toiseach, is meadhon, is deireadh a h-uile searmon a rinn Pol riamh. B' aithne dha olcas a' pheacaidh, mar a thruaillleas e nàdur an duine, ach b' aithne dha cumhachd gràis cuideachd, agus thubhairt e, "far an do mheudaich-eachd am peacadh, bu ro-mhò a mheudaich-eachd gràs."

NA LAOIDHEAN.

LEIS AN OLLAMH MAC FHIONGHAIN NACH MAIREANN.

(*Air a leantuinn.*)

Cha 'n fhiosrach mi gu bheil a bheag a nis ri fhaotainn de na laoidhean Gàidhealach a rinneadh roimh linn an Ath-leasachaidh. Agus cho fad 's is aithne dhomh, cha 'n 'eil rann idir ri fhaotainn de laoidhean nan Druidhean. Is call mòr so; oir ged bha creideamh nan Druidhean mearachdach, feallsa, bu daoine cràbhach iad agus. a réir an latha féin, daoine fòghluimte. B' ann an rann a bha am beachdan air an gleidheadh

air chuimhne; agus cha 'n' eil teagamh nach b' e seinn laoidhean roinn mhòr d' an aoradh. Bu thiodhlac luachmhor dhuinne an aidmheil agus an riaghailt-aoraidh 'n an cainnt féin.

Ach is call air gach dòigh mòran na's mò, nach do ràinig a bheag is fiach iomradh sinn de laoidhean na seann eaglais Ghàidhealaich. Tha seachas creideasach air cho teom 's a bha Calum-Cille 's a luchd-leanmhuinn air seinn laoidhean. Cha 'n' eil mi cho earbsach gu bheil an seachas cho creideasach gur e Calum-Cille is ùghdair de 'n aon rann Ghàidhlig a tha nis air a luaidh air 'ainm:—

“*I mo chridhe! I mo ghràidh!
An àite guth manaich bidh geum bà;
Ach mu'n tig an saoghal gu crìch,
Bidh I mar a bha.*”

Ma bheirear creideas do 'n fhàistneachd, is dòcha gu bheil crìoch an t-saoghail na's faide uainn na 's maith leis an Ollamh *Cumming* aideachadh. An uair a bha “coigrich a' chuain” a' séideadh thùrlach, a' creachadh àiridhean, agus a' spuilleadh theampull anns na h-eileanan Tuath 's an Iar, cha 'n' eil teagamh nach iomadh laoidh mholaidd cho maith ri iomadh Brosnachadh gaisgeil a chaidh gu bràth a dhìth anns an léir-sgrìos eagalaich a thàinig air a' Ghàidhealtachd anns na linnibh an-ìochdmhor sin.

Anns a' chruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhealaich a rinn Sir Seumas Mac Griogair, Deadhan Lis-mhòir, o chionn còrr agus trì cheud bliadhna, gheibhear a' mhòr-chuid de na tha nis a làthair de 'n t-seana bhàrdachd, a mach o Oisein. Ann an cruinneachadh Mhic Griogair gheibhear bàrdachd chràbhach; ach cha 'n' fhaighear a bheag, agus cha 'n' eil am beagan ro mhaith. Cha 'n' eil mi a' smuaineachadh gur airidh na “comhraidhean” eadar Oisean agus Pàdrùig a bha cho siubhlach 's an àm sin am measg an t-sluaigh a bhì air an ainmeachadh 'n ar laoidhean. Tha iad luachmhor 'n an àite féin; ach cha laoidh comsachadh eadar Oisean is Pàdrùig co dhiu b' fheàrr cleachduin nam Fiann na 'n creideamh Crìosduidh—Pàrras na talla Fhinn. De na bàird spioradail a gheibhear an cruinneachadh Mhic Griogair, 's e Muireach Albannach—a réir coslais a' cheud aon de Chlann Mhuirich, bàird Chlann-Raghaill—gu mòr is àirde cliù. So eisempleir d'a bhàrdachd:—

“*A bhì an cridhe Mhic Dhé,
Peacach mar mì mòr an sgeul,
Mise d'a gun d' fhuair a nis
Crois Iosa Crìosd air mo bheul;
A Iosa Crìosd sean de d' mhos,
Mo dhà chos 'us mo dà làmh,
Agus sean-sa nise de d' dheòin
Eadar fhuil; 'us shal, 'us chnàmh.*”

Cha 'n' fhaighear cunntas mion mu leabhraichean Gàidhlig 's mu'n ùghdair, ged nach 'eil an àireamh ro mhòr. Rinneadh a' cheud oidheirp 's an rathad so le *Reid* anns a' bhliadhna 1832. Chaidh mòran de leabhraichean Gàidhlig de gach seòrsa a chur a mach o'n àm sin; agus bha iomadh leabhar clò-bhuailte 's an àm sin féin air nach d' amais *Reid*, ged rannsaich e gu ro chùramach. Thachair air *Reid* naoi deug agus dà fhichead leabhar bàrdachd ann an Gàidhlig; agus 'n am measg so tha aon deug de leabhraichean laoidhean. Anns a' bhliadhna 1841 chuir Iain Mac Coinnich a mach an leabhar luachmhor sin “Sàr Obair nam bàrd Gàidhealach”; ach am measg saothair dà bhàrd dheug thar fhichead, cha d' thug e àite ach do thriuir de na sgrìobh 's a chuir a mach laoidhean. Ann am beachd Mhic Coinnich bha ochd de na leabhraichean laoidhean a dh' ainmich *Reid*, a thuilleadh air na leabhraichean nach b' aithne do 'n duine sin, nach robh airidh air cuimhne bhuan air son am bàrdachd. Tha mi meas nach robh barail Mhic Coinnich ro chli anns a' cheum so. Anns na chlà-bhualadh de bhàrdachd Ghàidhealach bho 1841, tha roinn mhòr—dlùth air an dara leth, tha mi meas—'n an laoidhean. Thachair orm féin, uile gu léir, mu fhichead leabhar laoidh; agus tha fios agam gu n deachaidh leabhar laoidh no dhà a chlà-bhualadh nach faca mise.

Cha bhiodh e freagarrach ann an cunntas aithghearr mu'r laoidhean, dol a dh' ainmeachadh gach leabhar dhiubh so air leth. A chum a' mheur so d' ar bàrdachd a thoirt fa chomhair an leughdair, feudaidd sinn ar laoidhean Gàidhealach a roinn 'n an ceithir buidhnean no earannan.

I.—Laoidhean eadar-theangaichte

II.—Laoidhean a gheibhear sgaoilte feadh na tìre gun fhios co leis iad, agus leabhraim bheaga a chaidh a chlo-bhualadh o àm gu àm.

III.—Laoidhean a tha an ùghdair fathasd maireann

IV.—Laoidhean is ùghdair a tha airidh air àite urramach fhaotainn am measg ar bàrdachd.

IV. An uair a chuir Mr. Mac Illeathain, Ghlinn-Urchaidh, a mach a chuid laoidhean féin, seachd bliadhna roimhe so (ann an 1868), sgrìobh e anns an Roimh-Ràdh air an dòigh so, “Nach lìonmhor iad a tha fàthast beò agus nach lìonmhoire iad a tha marbh, a mheal mòr-bhuannachd agus toilear has-intinn o laoidhean spioradail a sgrìobhadh le àireamh nach beag le bhàrdaibh diadhaidh ar dùthcha féin, mar a bha Dùghall

Buchanan, an t-Urramach Seumas Mac Griogair, an t-Ollamh Dòmhnallach, agus Iain Moristan, Gobhainn na h-Earadh, agus mòran eile a bharrachd orra a dh' fhaodainn ainmeachadh." Ach chaochail Mac Illeathain, agus cha d' fhàg e, a réir mo bheachd-sa, anns a' Ghàidhealtachd bàrd cho àrd cliù, no ach gann breitheamh air bàrdachd cho comasach, ris féin. Leis a cheathrar bhàrd a dh' ainmich esan, bu mhaith leam triùir eile a chur a tha airidh air àite urramach fhaotainn ann measg nam bàrd Gàidhealach a sheinn laoidhean,—'s e sin Donnachadh Dughallach, Padruig Grannd, agus Mr. Mac Illeathain e féin.

Tha againn mar so seachdnar a tha comharrachtaichte ann measg ar bàird Spioradail. ar-aon airson àirde am buaidhean agus meud an obair. Cunntar Mac Ealair 'n am measg air son nam feartan bàrdail a dhearbhadh e anns an laoidh ris an abrar "Laoidh Mhic Ealair." Cha 'n fhiosrach mi aon tuilleadh is airidh a bhi air ainmeachadh ann measg na buidhne so. Theirinn, mata, gu bheil ochdnar Ghàidheal a sgrìobh laoidhean o linn an Ath-leasachaidh is airidh air urram mar bhàrd. Ach tha aon diubh so, a réir mo bheachd-sa, a tha ag éirigh cho àrd os cionn chàich gu léir—Dughall Buchanan—agus gu bheil e airidh air a ghleidheadh air leth ann an cunntas nam bàrd spioradail. De 'n t-seisear eile, oir tha mi a' gabhail seachad air Mac Ealair, bha triùir de 'n eaglais Shaoir agus triùir de 'n eaglais Bhaistich; agus anns gach buidheann bha dà mhinisteir agus aon searmonaiche.

Feudar, tha mi meas, an t-Ollamh Dòmhnallach agus Iain Moristan a chur cuideachd. Mar bhàird, bha iad coltach ri chéile, agus mar dhiadhairean, cha robh iad, tha mi meas, mi-choltach. A mach o'n tìr anns an cuailas an guth, agus anns an facas an gluasad, cha 'n 'eil an laoidhean, cho fad 's is aithne dhomh. mòran air an leughadh. C'ar son so? Cha 'n ann 's an leabhar so, tha mi saoilinn, a leigear a leas dol a sheirm cliù an Ollamh Dhòmhnallaich. Aidichear anns gach àite gur ann fìor ainmigh a chunnacas duine cho treun ann an cùbaidh Ghàidhealaich o linn Chalum-Chille. Agus air son buaidhean nàdurra, saoilidh mi, a réir gach cunntais a tha againn, nach robh Gobhainn na h-Earadh a bheag air deireadh air Abstol na h-àirde Tuath. Cìod is aobhar, mata, an uair a bu bhàird le chéile iad, nach 'eil an dàin na's miaghaile na tha iad? Feudaidh mi bhi mearachd; ach 's e mo bhàrdail gu'm faighear an t-aobhar ann an tomhas mòr ann an so; gu bheil an laoidhean tuilleadh is fada, eadhon a réir an tomhais Gàidhealaich; nach do chleachd iad fuinn a bha cumanta am

measg an t-sluaigh; gu bheil iad mar a dh' fhaodas sinn a ràdh an còmhnuidh a' searmonachadh 'n an dàin, agus gu bheil na faireachduinnean agus na beachdan a tha iad a' toirt f' ar comhair do-thuigsinn do mhòran, agus luachmhor 'n an suilibh-san a mhàin a dh' àiricheadh 's a dh' ionnsaicheadh o'n òige anns na crìochaibh anns an do theagaisg na daoine urramach so.

Mu'n triùir Bhaisteach a dh' ainmich mi, tha Mu'n triùir Bhaisteach a dh' ainmich mi, tha e mar an ceudna fìor, gur e an t-aon is isle buaidhean is àirde cliù mar ùghdar laoidhean, 's e sin Padruig Grannd. Bu duilich leam ni searbh a ràdh mu'n Dr. Seumas Mac Griogair, ach tha aon ni gu sònruichte a tha dìteadh nan laoidhean aige ann am bheachd-sa—'s e sin mar tha mòran de 'n chainnt 's de 'n smuain air an tarruing o bhàird eile, agus gu sònruichte o Dhonnachadh Bàn Mac-an t-Saoir. Tha a' cheart rann, agus mòran de 'n chainnt anns an do sheinn Donnachadh Bàn cliù Mhairi Bhàn Og aig MacGriogair a' cur an céill a ghràidh d'a Fhear-saoraidh. Cha 'n e mhàin so. Chuir Donnachadh an "Cumha" a rinn e do Choire-cheathaich ri fonn port-dannsa cho iullagach 's a tha againn, agus mar gu 'm biodh gach ni ceart a thigeadh o Dhonnachadh Bàn ghabh Mac Griogair an rann, agus cuid de 'n chainnt, ann an laoidh d' an d' thug e mar ainm *An Gearan!* Ghearain e a staid spioradail air fonn port-dannsa.

"Is duilich leam mar tha mi,
A' siubhal le mo nàmhaid,
Gun umbail do na h-àintibh,
'S mo ghràdh dhaibh cho fann:
'S iomadh fear a bhàrr orm,
Tha siubhal réir a nàdur
'S e 'n lagh tha fulang tàmailt
Is tàire nach gann."

Cha d' thug Mac Coinnich àite do Dhonnachadh Dughallach ann an "Sàr Obair nam bàrd Gàidhealach," agus cha d' ainmich Mac Illeathain e am measg nam bàrd diadhaidh. Bha Donnachadh Dughallach 'n a shearmonaiche ann an Eilean Thiriodh. Cha 'n fhaighear a leabhar ach tearc; ach is e mo bhàrdail gu 'n do thaomadh Spiorad na bàrdachd ann an tomhas air an duine so. Cha do thagh e ro thric fuinn thaitneach; agus cha 'n 'eil a rann ach ainmigh réidh no ceòlmhor; ach tha inntinn làidir mhisneachail aige, agus tha a smuain torach brìghmhor. Feudaidh e bhi nach 'eil ann ach neanachas, ach dhùsgidh laoidhean an Dughallaich, agus dealbhan Mhic-an t-Sagairt (Earra-Ghàidhealach eile) co-ionann faireachduin a'm' inntinn. Bheir iad le chéile air m' ais mi gu h-Eileanan na h-àirde 'n Iar; saoilidh mi gu bheil fead na gaoithe troimh 'n mhurann is gaoir a' chladaich an còmhnuidh a'm' chluais.



DUAIS NAM BREUG.

Bheir mi an aire do m' shlighean, nach peacaich mi le m' theangaidh.—Salm, xxxix., 1.

Tha e air innseadh le deagh urrainn gu 'n deachaidh duine àraidh a dh' ionnsuidh fear-teagaisg, a dh' iarraidh air aon de shailm Dhaibhidh ionnsachadh dha. Thuirt am fear-teagaisg gu 'n deanadh e sin, agus dh' iarr e air a' cheud rann de 'n t-salm so ionnsachadh air a thearfaidh. *Bheir mi an aire do m' shlighean, nach peacaich mi le m' theangaidh.* Chaidh an duine thairis air an rann gus an robh i aige gu maith, agus an sin thuirt e ris am fhear-theagaisg, "Ni se feum an diugh; thig mi air m' ais an uair a bhios mi coimhlionta anns a' cheud leasan." Chaidh bliadhnachan seachad m' an d' thàinig an duine air ais, agus dh' fheòraich am fear-teagaisg dheth ciod a bha 'g a chumail. "Bha," ars' esan, "a chionn gu robh a' cheud leasan cho duilich; thug mi bliadhnachan 'g a ionnsachadh, ach is gann a tha e agam fhathast."

Tha fichead dòigh anns am faod daoine peacachadh le 'n teangaidh, mur toir iad an aire. An duine a bhios a' mionnachadh agus a' mallachadh, tha esan a' peacachadh le theangaidh. Toibheum, is draosdachd, is cainnt shalach eile, tha na nithean sin 'n an gràineileachd do Dhia is do dhaoine. Ma tha duine a' toirt fianuis-bhréige an aghaidh a choimhearsnaich, no a' togail droch thuaileas air, tha an duine sin a' peacachadh le theangaidh. Ma tha cùisean a' dol 'n ar n-aghaidh agus gu 'n tòisich sinn air gearan air Dia agus air coire fhaotainn d'a fhreasdal, ciod a tha ann an sin ach peacadh, oir tha sinn a' cur eas-urram air Dia le ball d' ar corp a thug e dhuinn a chum a ghlòrachadh?

Ach is e am peacadh sònruichte air an robh mi a' ciallachadh bruidhinn aig an àm so, breugan, oir tha mi an dùil gur e sin ole as miosa is urrainn duine a chur an gnìomh le theangaidh. Ged is oillteil an rud toibheum no mallachadh faodar barrachd dòchais altrun a thaobh luchd-mhionn is droch cainnt na dh' fhaodar altrun mu dhaoine nach 'eil firinneach. Theid daoine a steach do rìoghachd Dhe agus iomadh fàiling annta, ach cha teid daoine breugach a steach innte. Cha teid, a chionn gur puinnsean na breugan a ghrodas cridhe duine gu h-iomlan. Tha cuid de pheacaidhean a dh' fhaodar a choimeas ri meang a chi thu ann an ubhaill no ann am meas eile. Ged

a tha meang innte, agus rud beag de ghrodadh anns an iomall, tha an cridhe agus an còrr dhith fallan gu leòir. Faodaidh duine a bhi rud beag gaolach air an uisge-bheatha ach fhathast a bhi uasal glan caomhail 'n a nàdur; faodaidh duine a bhi trom air mionnan ach fhathast a bhi suairce is blàth-chridheach. Cha 'n 'eil mise a' moladh nam fàilingean sin ann an duine air bith, ach a thaobh iomadh duine anns a bheil iad, tha e fìor nach 'eil iad a' dol na's dòmhne na iomall a bheatha agus a nàduir, agus gu bheil e fallan gu leòir 'n a chridhe, ged tha meang ann a ghabhas faicinn. Ach tha luchd nam breug mar ubhall a tha grod anns a' chridhe. Ged a dh' fhaodas an craicinn a bhi slàn, agus a dh' fhaodas i bhi bòidheach gu leòir o'n taobh a mhuigh sgaoilidh an lobhadh agus oibrichidh e am bàs uair-eigin.

Air eagal gu 'n saoil sibh nach 'eil mi a' tomhas mo bhriathran agus gu bheil mi na's truime air na breugan na tha Dia féin bu mhaith leam a chur sìos air an duilleig so ciod a tha facal an Tighearna ag ràdh umpa.

Cha 'n fhuirich fear-labhairt bhreug fa chomhair mo shùl.

Tri nithean is fuathach leis an Tighearna, uabhar, is breugan, is dòrtadh fala neo-chiontach.

Is gràineileachd do 'n Tighearna bilean nam breug.

Na deanaibh breug d'a chèile do bhrìgh gu'u do chuir sibh dhàibh an seann duine.

Is fèarr duine bochd na breugaire.

Cha bhi an teanga bhreugach ach càr tiota.

Sgriosar luchd-labhairt bhreug.

An tì a labhras breugan cha téid e as.

Aig na h-uile bhreugaircan bithidh an cuibhrionn anns an loch a tha dearg-lasadh le teine agus pronnusc.

Am measg nan daoine a bhios air an dùnadh a mach as a' bhaile naomh, a rcìr Eoin, tha gach neach a ghràdh-aicheas agus a mì breug.

Anns a' Bhiobull tha e air a ràdh gur e an diabhol athair nam breug. Theagamh gu 'n d' fhuair e an tiotal grannda sin a chionn gur e a thòisich air na breugan an toiseach. Is e Satan a dh' innis a' cheud bhreug air a bheil iomradh againn anns a' Bhiobull, an uair a thàinig e gu Eubh agus a thoirt e rithe "Gu einnteach cha 'n fhaigh sibh bàs."

Ach ma 's e a dh'innis a' cheud t' cha 'n urrainnear a radh nach do lean clann nan daoine an droch fhasan a thug e dhaibh oir tha cunntas againn ann am facal an Tighearna air iomadh duine a thug sgrìos air féin le breugan, bho Chain gu Ananias.

Ach tha breugan is breugan ann. Tha iomradh againn air cuid de na naoimh a thuislich anns a' cheum so, ach a rinn aithreachas anns a' mhionaid, daoine a rinn breug le tuiteamas no a bha air an toirt a thaoibh le buaireadh obann. Cha 'n ionnann daibh sin idir agus do 'n t-seòrsa dhaoine eile a tha air am beò-ghlacadh le spiorad nam breug, daoine a thig a' bhreug gu am bilean cho furasda ris an fhìrinn. Thuislich Abraham is Jacob is Daibhidh is Peadar, uair 'n am beatha agus dh'innis iad breug, peacadh a dhìol iad gu goirt air a shon, ach cha b' urrainn duine air bith a chur as an leth nach bu daoine fìrinneach iad. Eadhon an uair a bha a' bhreug air am bilean b' ionmhuinn leò an fhìrinn an taobh a stigh.

Ach tha an seòrsa eile calg-dhìreach 'n a aghaidh so, agus eadhon an uair a tha an fhìrinn air am bilean (agus bithidh air uairean) is ionmhuinn leò ceilg is breugan an taobh a stigh. B'ann de 'n t-seòrsa so Gehasi, duine cho mìn sleamhain trathtach 's a tha iomradh againn air anns a' Bhìobull. Tha e furasda gu leòir dhuit a' bhreug aithneachadh ma tha duine cneasda air a ghlacadh innte; cha 'n urrainn da a deanamh gu 'n dol gu glugail is gagaìl, agus gun an fhuil a thìghinn 'n a aodann. Ach cha robh gagaiche air bith ann an Gehasi an uair a dhealbhadh e a' bhreug, agus cha mhò a dh'atharraicheadh e dath. Bha ealain aige orra, oir bha e suas r' an deanamh, agus ann an làrach nam bonn dheanadh e suas naigheachd a bheireadh an car á Satan féin.

Nach bu dealbhach an naigheachd a dh'innis e do Naaman, an uair a shanntaich e an duais fhaotainn bhuaith nach gabhadh Elisa, an duine uasal agus am fàidh a bu mhaighstir da! *Ach dean an t-olc is fan r'a dheireadh.* Rinn Gehasi an t-olc, agus tha facal an Tighearna ag innseadh dhuinn gu'n deachaidh e a mach á fianuis Elisa 'n a lobhar, geal mar shneachd. Lean luibhre Naamain ris féin agus ri shliochd gu bràth.

Ach bha am peanas a b' uamhasaiche a bha riamh air a dheanamh air breugan air a dheanamh air Ananias agus air a mhnaoi. Cha ruigeadh Ananias a leas a' bhreug ud innseadh, ach bha e an dà chuid 'n a dhuine fèineil agus 'n a dhuine gionach, agus glé bhitheanta sin dà fhuaran as an éirich spiorad nam breug. Ma chumas tu do shùilean fosgailte chì thu gur tric le daoine

sanntach a bhi breugach, agus le daoine fèineil aig a bheil inntinn dhiomhain. Na'n d' thuir Ananias ri Peadar, " Reic mi m' oighreachd air son suim shònraichte, agus tha mi a' toirt an uiread so air son obair an t-soisgeil, ach tha mi a' gleidheadh trian de 'n phris dhomh féin," tha mi glé chinnteach nach h-abradh Peadar gur olc a rinn e, agus gu'n tugadh e taing da air son a thabhartaìs. Ach cha do rinn Ananias sin; tha e coltach gu'n do rinn e féin agus a bhean suas eatorra gu'n tugadh iad an car as na h-abstoil, agus gu'm faigheadh iad ainm air son fialaidheachd nach do thoill iad.

Ged tha mòran dhaoine am beachd gur e Dia a leag Ananias as a sheasamh, mar bhreitheanas air son na bréige a dh'innis e, tha mi an dùil nach ruigear e leas gnìomh cho garbh sin a chur as leth an Tighearna. Theagamh gu robh droch crìdhe aig Ananias co dhiu, agus gu'n do leum a chridhe as a chochall an uair a chonaich Peadar e ann an cainnt cho gàbhaidh, "c'ar son a lion Satan do chridhe a dheanamh bréige do 'n Spiorad Naomh?" Na'n robh Dia a' leagadh as an seasamh a h-uile duine a dh'innseas breug bhiodh sluagh an t-saoghail air an tanachadh gu maith tana, ach cha 'n e sin dòigh an Tighearna. Tha *eagal* ann an crìdhe an aingidh daonnan; bheir tionndadh na duilleig air clisgeadh, agus ma bha crìdhe Ananias air chrith leis an eagal an uair a chaidh e air beulaobh Pheadair, dheanadh cainnt is coslas Pheadair (air an robh corrnuich dhiadhaidh) an còrr.

Ach cìod air bith a b' aobhar bàis da ghabh an eaglais òg e mar bhreitheanas o Dhia, agus is e sin a bha ann, peanas a dhroch shligheanna féin. "Thàinig eagal mòr air an eaglais uile, agus air na h-uile a chuala na nithe so." Bha e feumail gu'm faiceadh an eaglais ann an tús a tòiseachaidh olcas nam breug, agus gu'n gabhadh daoine rabhadh gur crìoch do 'n pheacadh am bàs.

Tha an sean-fhacal ag radh, *Cha robh breugach nach robh bradach*, agus ged is searbh an radh e, tha caob mhaith de 'n fhìrinn ann, oir cha 'n urrainnear dol an urras air a' bhreugaire. Mar sin bu chòir do phàrantan an fhìor aire a thoirt nach leig iad seachad an clann gun am peanasachadh, ma rinn iad breug. Ma tha clann a' fàs suas, gun suim aca do 'n fhìrinn, mo thruaighe iad fein agus am parantan!

AN TIOMNADH NUADH.

Ann an làithean nan abstol, agus fad iomadh bliadhna 'n an déidh, b'e sgrìobhaichean

an t-Seann Tiomnaidh am *Biobull* a bha aig na Crìosduidhean. Bha iad air an togail air na sgrìobturan sin, agus cha robh iarraidh aca air sgrìobturan air bith eile. Sin an t-aobhar nach robh an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh na bu tràithe. Ged nach urrainnear a ràdh, gu ruig bliadhna shònraichte, c'uin a bha leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh air an sgrìobhadh tha fhios againn gu robh a' chuid as mò dhiubh co dhiu air an sgrìobhadh eadar leth-cheud is ceud bliadhna an déidh bàs Chrìosd.

Ann na bliadhnanach sin thàinig fàs anabarrach air an eaglais, agus bha moran leabhraichean is dhuilleagan de gach seòrsa air an sgrìobhadh innte; cuid dhiubh gun bhrìgh gun seadh, ach cuid eile dhiubh comasach air daoine a dheanamh glic a chum slàinte. Tha Lucas ag innseadh dhuinn gu robh mòran de na leabhraichean sin air feadh na dùthcha 'n a latha féin, ach as am measg uile thagh an Eaglais an fheadhainn anns an dh' fhuair i blas is beatha, agus chaidh iad sin a sheulachadh le ùghdarras na h-eaglais mar Fhacal Dhé. Sin mar a thàinig an Tiomnadh Nuadh gu bhì air a cheangal ris an t-Seann Tiomnadh, agus air gabhail ris mar sgrìobtur. Bha an guth-taghadh air a dheanamh leis an Eaglais i féin, agus b'e am bonn air an do rinn i an taghadh gu robh na sgrìobhaichean d' an d' thug i gnùis buannachdail gus daoine oileanachadh ann an creideamh agus ann am fireantachd.

Cha b' ann le comhairle shuidhichte, mata, a bha an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh, agus theagamh gu 'n cuireadh e iongnadh gu leòir air Pol is Seumas na 'n a' airteadh rin gu 'n biodh na litrichean a sgrìobh iad air an cunntas mar Fhacal Dhé, mìle bliadhna an déidh am bàis, agus air an cur taobh ri taobh ri sailm Dhaibhidh agus fàistneachd Isaiah. Cha d' thàinig e ann an eridhe Phoil gu robh feum aig an eaglais air Tiomnadh Nuadh, anns an t-seadh anns a bheil sinne a' tuigsinn an fhacail; agus cha 'n 'eil ann ach tuiteamas gu robh uiread d' a litrichean féin air an sàbhaladh, oir aig an àm anns an do sgrìobh e iad cha robh aon dùil 'n a chridhe, no ann an eridhe nam féadh-nach a fhuair iad, gu 'm biodh iad air an àrdachadh gu bhì 'n an sgrìobtur.

B' ann uigh ar n-uigh, agus a réir a feuma aig an àm, a rinn an Eaglais an taghadh so, los cuimhne a chumail air teagasg Chrìosd agus air na riaghailtean beatha is creidimh a bha air an teagasg leis na h-abstoil, agus fad iomadh latha bha i ann an iom-chomhairle co dhiu a ghabhadh no nach ghabhadh i ri cuid de na sgrìobhaichean so. Thachair a' cheart ni a thaobh an t-Seann

Tiomnaidh; fad iomadh latha cha robh an eaglais cinnteach (agus cha 'n 'eil i cinnteach fhathast) co dhiu is còir no nach còir gabhail ri leabhraichean an *Apocrypha* mar sgrìobtur. Ann an seann Bhiobuill chithear na leabhraichean sin air an cur am measg nan sgrìobtur, ach ged a tha meuran eile de 'n eaglais Chrìosduidh a' gabhail riu fhathast, tha an Eaglais Phrostanach a' cur cùl riu mar sgrìobtur. Tha e duilich a ràdh ciod e an fhìor chomharradh air sgrìobtur, ach ma theirear gur sgrìobtur sgrìobhadh anns a bheil tomhas mòr de spiorad an Tighearna agus de 'n ghliocas ata o shuas, tha e duilich a thuigsinn ciamar a shònraicheadh duine air bith leabhar Ester air thoiseach air an leabhar a sgrìobh mac Shirach.

Ann an eaglais, anns na ceud linntean, bha leabhraichean sònraichte air an robh meas cho mòr 's gu 'n do theab iad àite fhaotainn anns an Tiomnadh Nuadh; leabhraichean mar a bha litir Chliamain is litir Bharnabais is Aodhair Hermais. B' àbhaist daibh sin a bhì air an leughadh ann an aoradh na h-eaglais, ach air a cheann mu dheireadh cha d' thugadh dhaibh àite am measg leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh, do bhrìgh gu 'n do shuidhich an Eaglais nach gabhadh i ri sgrìobhadh air bith mar sgrìobtur mur robh e air a chur a mach fo làmh abstoil, no le ùghdarras abstoil.

Tha barrachd eòlais aig sgoilearan an là diugh air na sgrìobhaichean a bha air an craobh-sgaoileadh anns an eaglais anns na ceud linntean na bha aig na linntean sin iad féin, agus tha iad ag innseadh dhuinn nach 'eil teagamh air bith nach do thagh an Eaglais na leabhraichean ceart gu bhì 'g an àrdachadh mar sgrìobtur. Bha i air a treòrachadh ann am breitheanas le spiorad an Tighearna; ghleidh i an cruithneachd agus thilg i air falbh am moll.

Gheibhear anns an Tiomnadh Nuadh seachd leabhraichean fichead uile gu léir; ceithir soisgeulan, aon ar fhichead de litrichean, aon leabhar-eachdraidh, is aon taisbeanadh. Bha e air a sgrìobhadh le naoi daoine, agus tha làmh nan daoine sin am bitheantas cho furasda an aithneachadh 's gu 'n dean sgoilearan maith a mach iad air an cainnt. Ach ged a bha an Tiomnadh Nuadh air a sgrìobhadh aig iomadh àm agus air iomadh dòigh agus le iomadh làmh tha e uile gu leir a' cuartachadh mu aon ainm, ainm Iosa Chrìosd ar Slànùighear. Sin a' bhann a tha 'g a cheangal ri chéile. Cha b' ann a nochdadh grinneas an làimhe féin a chuir Pol is Eoin is Seumas peann air pàipear, ach a thogail suas Iosa Chrìosd fa



MU URNUIGH.

Agus anns na làithibh sia chaidh esan gu beinn a dheanamh ùrnuigh, agus bhuanach E rè na h-oidhche ann an ùrnuigh ri Dia.—Lucas vi., 12.

Cha 'n 'eil aon eile de na soisgeulaichean a tha ag innseadh dhuinn uiread ri Lucas mu ùrnuighean an Tighearna. Tha e a' tighinn thairis air ùrnuighean a rinn Crìosd air nach 'eil iomradh idir air a dheanamh le Mata no Foin; an ùrnuigh a rinn E an déidh dha an lobhar a leigheas; an ùrnuigh a rinn e m' an do thagh e na h-abstoil; an ùrnuigh a rinn e air beinn a' chruth-atharrachaidh. Theagamh gur e an t-aobhar air sin gu robh Lucas e féin 'n a dhuine a bha creidsinn gu mòr ann an éifeachd ùrnuigh, agus gu 'm bu mhaith leis a leigeil fhaicinn d'a luchd-leughaidh gu robh barantas aige air a shon sin ann an teagasg agus ann an cleachdadh Chrìosd.

Tha e 'n a rud iongantach do mhòran dhaoine gu robh feum aig Crìosd air ùrnuigh. Tha fhios aca gur dùth dhaibh féin agus do dhaoine eile glaodhach air Dia, a chionn gur creutairean peacach anfhann iad aig a bheil feum air gràs 'g an cuideachadh an àm am feuma. Ach Mac iomlan Dhe! c'ar son a leigeadh esan a leas ath-chuingean a dheanamh, oir cha robh aon pheacadh aige ri aideachadh, no droch nàdur ri cheannsachadh, no fàiling air bith ann? Tha sin uile fìor, ach tha aobhar no dhà eile a' cur dhaoine gu cathair nan gràs a thuilleadh air an uireasbhuidhean. Cha 'n ann daonnan a dheanamh an iarrtuis aithnichte do Dhia a tha daoine a' tòiseachadh air ùrnuigh, ach a chionn gu bheil e nàdurra dhaibh mar chloinn tighinn dlùth d'an athair. Mar thuir duine diadhaidh uair-éigin, "bu mhaith leam dà thrian de m' ùrnuigh a bhi 'n a chonaltradh naomh ri Dia agus aon trian 'n a athchuinge."

"Iadsan aig a bheil mòran gnothuich r'a dheanamh am measg dhaoine," arsa aon de na seann diadhairean, "feumaidh iad a bhi air uairean leò féin maille ri Dia." Bha mòran gnothuich aig Crìosd r'a dheanamh am measg dhaoine ann an làithean fheòla, oir bha e daonnan air cheann gnothuch 'Athar, agus a h-uile latha d'a bheatha bha cumhachd a' dol a mach as gu daoine eile, air chor agus gu robh feum aige a chridhe agus a neart ùrachadh le co-chomunn a bhi aige ri Dia. Anns a' bheatha spioradail tha e a cheart cho fìor 's a tha e ann an obair 'na

marsantachd nach urrainn cuir-a-mach duine a bhi na's motha na thighinn-a-stigh. Mur bheil duine a' tarruing air a shon féin a' tobar na beatha cha 'n urrainn e bhi 'n a thobar beatha do dhaoine eile.

An diugh an uair a bhios daoine a' gabhail an lethsgheil air son a bhi deanamh dearmaid air ùrnuigh is e an lethsgheil as trice a bhios aca, gu bheil iad driopail agus nach 'eil ùine aca air a shon. Ach b'e sin 'an dearbh aobhar a thug air Crìosd a bhi buanachadh ann an ùrnuigh gun sgur, gu robh uiread aige r'a dheanamh. Ma tha cabhag air duine, agus gu 'm feum e an car ud no an car ud eile a leigeil seachad, feuchadh e nach e an ùrnuigh mhaidne a' cheud rud a leigeas e seachad los breith air obair an latha. Cha chall ùine a tha ann ùine a chur seachad maille ri Dia.

An uair a bhios daoine a' gabhail an lethsgheil air son nach 'eil iad a dol do'n eaglais their cuid dhiubh riut gu bheil na h-ùrnuighean ro fhada agus nach urrainn iad cumail 'n an dùsgadh. Thuir R. L. Stevenson gur e an t-aobhar gu 'n do stad esan a dhol do'n eaglais, gu robh gràin aige air an t-searmon, ach gu sònruichte air a' cheud ùrnuigh, a chionn gu robh iad cho fada. Tha ùrnuigh thioram ro fhada ged nach b' fhaide i na leth-mionaid, ach mar is bitheanta cha 'n e fad nan ùrnuighean a tha cumail dhaoine air falbh as an eaglais ach cion càil, nach 'eil càil aca air son nithean spioradail. Ciod a shaoileas an seòrsa dhaoine sin de 'n t-Slànuighear, a chuir seachad an oidhche uile ann an ùrnuigh ri Dia.

Anns na soisgeulan tha sinn a' faicinn Chrìosd ag ùrnuigh ann an iomadh suidheachadh, ach ged nach urrainn mi aig an àm so dol thairis air gach aon de na nithean a chuir gu ùrnuigh e, faodaidh mi aon no dhà dhiubh ainmeachadh, gun fhios nach bi sin 'n a lòchran do chasan cuid-eigin.

An uair a bha an sluagh air son a chrùnadh mar rìgh theich e air falbh bhuapa agus chaidh e do àite uaigneach a dh' ùrnuigh. Ann an ùrnuigh fhuair e ionad-fasgaidh o ghlòir agus o mhealltaireachd an t-saoghail. Chuir fulangas a chuirp agus àmhghar 'inntinn gu ùrnuigh e cuideachd, ach tha sin na's fhasa a thuigsinn, oir tha fhios againn 'n ar fiosrachadh féin gu bheil daoine na's deise gu gairm air Dia ann an là na trioblaid na tha iad an uair a tha gach ni mar am miann. Theagamh gur e sin air uairean an t-aobhar gu bheil trioblaid a'

tighinn, a chur dhaoine air an glùinean nach robh air an glùinean fad bhliadhnachan. Bha e 'n a chleachdadh aig Crìosd cuideachd ùrnuigh a dheanamh m' an tòisicheadh e air obair no m' an gabhadh e ceum sònruichte air bith 'n a bheatha. Agus nach bu mhaith dhuinn uile eisempleir-san a leantuinn, gun char a ghabhail os laimh gun combairle is còmhadh Dhé iarraidh, agus gun cheum air bith a ghabhail air nach b' urrainn duinn beannachd an Tighearna iarraidh.

Ann an Tìomnadh Nuadh tha a' cheud àite aig Crìosd, neach a tha 'ainm os cionn gach uile ainm, ach saoilidh mi gur ann do Phol a bhùineas an dara cathair. Tha eadar-dhealachadh eadar reult agus reult a thaobh glòire, agus cha diomoladh e air na h-abstoil eile a ràdh gur e Pol gràine-mullaich nan creidmheach uile anns a' cheud linn. Nach bu bheag coslas r' a chéile a bha air Crìosd is Pol, ann an iomadh dòigh; 'n an gné, 'n an togail, 'n an oilean. Ach bha iad de 'n aon inntinn a thaobh ùrnuigh. Bha Pol ag ùrnuigh gun sgur; a là agus a dh' oidhche. Bhiodh e ag ùrnuigh anns an teampull, anns a' phrìosan, aig a' chladach; anns a h-uile àite anns an faigheadh e cothrom. Bhiodh e ag ùrnuigh air son a chàirdean, 'g an ainmeachadh air an ainm, agus air son nan eaglaisean a chuir e air chois. 'N a thurasan soisgeulach bha e ag earbsadh ann an cumhachd na h-ùrnuigh cho mhòr 's a bha e ag earbsadh ann an cumhachd a shearmonachaidh, agus am bitheantas cha rachadh e gu àite ùr air bith gus an faigheadh e a mach ann an ùrnuigh toil Dhe mu'n chùis. B' e sin an t-aobhar, gu robh obair Phoil cho soirbheachail, gu robh e a' tarruing á lànachd is cumhachd Dhe le ùrnuigh.

Thug mi tarruing air Pol a chionn gu'm bu mhaith lean a ràdh nach e idir an luchd-ealain a bu chòir duinn a cheasnachadh a thaobh ùrnuigh ach na naoimh, oir tha rùn-dìomhair an Tighearna aca-san a mhàin air a bheil 'eagal. Ach ged is neònach an rud e r' a radh, tha barrachd earbsa aig Crìosd-uidhean an là an duigh anns an luchd-ealain na tha aca anns na naoimh. Ma their peasan beag air chor-eigin aig a bheil cleòca na h-ealain air a ghuailllean, ma their e riu nach 'eil Dia a' freagairt ùrnuigh a chionn gu bheil an saoghal air a riaghladh le laghanna nàdurra a tha cho cruaidh seas-mhach ris na beanntan, caillidh iad an creideamh agus an eud, agus tiormaichidh tobar an ùrnuighean suas. Ach glé bhith-eanta cha 'n 'eil ann an gliocas an luchd-ealain ach amaideas an làthair Dhé. Coma leatsa, a leughadair, ciod a their an saoghal, no an luchd-ealain, no na peasain a bhios a'

toirt freagairtean beaga do cheistean mòra; rach thusa gus na naoimh; faic ciod a tha iadsan a' deanamh is ciod a fhuair iad buannachdail 'n am beatha féin, agus lean iad. B' aithne do Chrìosd an cruthachadh agus laghanna a' chruthachaidh, oir is e féin a rinn iad, ach an àite a ràdh ri daoine nach ruig iad a leas ùrnuigh a dheanamh air son ùisge no gaoithe, theagaisg e gu'm faigh an duine a shior-leanas air ùrnuigh ciod air bith a dh' iarras e. Ann an da-rìreadh, tha teagasg Chrìosd mu ùrnuigh cho làidir 's nach 'eil an eaglais an diugh a' creidsinn facal dheth. A h-uile uair a dh' fheuchas mi ri teagasg Chrìosd mu ùrnuigh a chur m' a choinneamh dhaoine, chi mi 'n an sùilean gu bheil amharus aca gur h-ann as mo cheann féin a tha mi 'g a tharruing agus nach ann as an Tìomnadh Nuadh. Ach cha 'n ann idir: cha do ghabh an eaglais fhathast ach ri crioman beag de theagasg Chrìosd mu ùrnuigh. Sin an t-aobhar gu bheil cho beag de chumhachd aice na tha de dheambain innte féin a thilgeadh a mach. Cha téid na deanhain a mach ach le ùrnuigh, agus cha 'n 'eil an ùrnuigh ann.

Tha fichead ceist a thaobh ùrnuigh a dh' fhaodar fheòraich, nach h-urraim mise no duine eile a fhreagairt, ach ma tha, tha an solus so againn anns an dorchadas co dhiu, *gu'n do bhunaich Crìosd ann an ùrnuigh, agus nach do chail e riamh creideamh 'n a h-éifeachd.* Agus bu chòir gu 'n cuireadh fhacal-san is eisempleir-san stad air gach connachadh. Ciod a tha ann am beatha gun ùrnuigh ach beatha gun Dia, oir is e ar n-ùrnuighean a tha 'g ar cumail ann an co-chomunn ris-san, agus is e co-chomunn ri Dia toiseach is meadhon is deireadh na diadhaidh-eachd.

ANNS A' CHATHAIR.

M' an d' fhàg mi mo leaba anns a' mhaduinn thàinig e fodham an là a ghabhail dhomh féin agus a chur seachad anns a' Choille Bheithe, oir tha fada nan cian o nach d' fhuair mi suidhe air an tolmán ghrianaich far am b' àbhaist domh a bhi enuasachadh air cuid de na nithean air am bi mi a' deanamh seanchais riut féin, a leughadair, An raoir bha comharraidhean na h-aimsir fàbharrach, agus a' gealltainn latha maith an diugh; bha a' ghaoth a' séideadh bog blàth o'n iar, agus fad an latha bha buailtean de na geòidh-ghlasa a' dol seachad gu tuath, a' siubhal cho òrdail ri réiseamaid ainm, agus a' gorraiceil le gairdeachas gu bheil an aiteamh air teachd. Shaoil mise, mata, gu

robh atharrachadh na sìde dlùth, agus chuir mi romham gu'n grianainn mi fhéin anns a' Choille Bheithe an diugh, agus gu'n leiginn leis an t-saoghal a bhì cur nan car dheith as m' eughmhais. Cha mhìsd duine fhaicinn nach stad an saoghal ged nach biodh làmh aige-san ann.

Ach atharrachadh no atharrachadh cha d' thàinig air an t-sìd; tha a' ghaoth air a h-ais gus an iar-thuath, agus tha i cho biorach fuar 's ged b'è am Màrt a bha ann, an aite baile na Bealltainn. Mar sin tha agam ri bhì anns a' chathair an uair a b' fheàrr leam a bhì anns a' Choille Bheithe. Ach cleas a' bhàird,

*Bidh mi beò an dòchas ro-mhaith
Gu'm bì chùis na's fheàrr an ath là,
Gu'm bì gaoth is grian is talamh
Mar is maith leam air na sléibhtean.*

Bha facal aig na seann daoine, "earrach fada an déidh na Caisge," agus gu firinneach tha an t-earrach fada agus fuar am bliadhna. Air a' chòigeamh là de'n Mhaigh cha 'n fhaca mi fhathast gobhlachan, agus cha chuala mi a' chuthag, agus cha chuireadh e iongnadh air bith orm ged a chithinn na geòidh-ghlasa a' tilleadh air an ais a nochd fhathast.

Tha fadal orm gus an tig an samhradh, agus am blàths; fadal gus an cuir na craobhan a mach an duilleach agus an cuir a' ghrian smior na beatha ann an clann na coille. Anns a' gheamhradh tha a' choille marbh samhach; faodaidh mi mò shràid a ghabhail innte gun chreutair fhaicinn no chluinntinn, mur faic mi maigheach, no coinean, no cabar-coille; ach anns an t-samhradh tha i làn de phobull neònach; anns an adhar, agus air na geugan, agus am measg an fheòir, chì mi is chluinntinn mi ùpraid is othall a tha glé choltach ri ùpraid is saothair chlann daoine.

Cha 'n ann uile gu léir air ghaol dìomh-anais a bhios mise a' toirt sgrìob do'n Choille Bheithe (ged is ro thoigh leam tomhas reusanta de dhìomhanas) ach a chionn gur foigh leam fhìos a bhì agam cìod a tha dol air aghaidh am measg nan creutairean ìosal cho mhaith ris na creutairean uasal. Tha cuimhne agad air an rud a thuir an duine glic a sgrìobh leabhar Iob, "feòraich a nis de na h-ainmhidhean agus teagaisgidh iad thu, agus a dh'èunlaith nan speur agus innsidh iad dhuit; no labhair ris an talamh, agus teagaisgidh e thu, agus cuiridh iasg na mara an céill duit." An uair a bhios mi a' gabhail sràid anns a' Choille Bheithe tha mi mar gu'm bithinn a' dol do'n sgoil, ach a mhàin nach ruig mi leas mo leasan ionnsachadh mur toilich mi.

An uiridh, ann an toiseach an fhoghair, chuir sgoilear òg a bha 'n déidh a chùrsa anns an Oil-thigh a chrìochnachadh latha seachad còmhla rium. Am measg gach rud eile a dh' ionnsaich e anns an Oil-thigh dh' ionnsaich e Laidionn is Gréigis is Eabhra, agus beagan speuradaireachd, ach an uair a chaidh sinn a ghabhail sràid agus a thòisich mi air 'aire a tharruing gu nithean a tha a cheart cho feumail ri Eabhra, agus mòran na's bòidheche, chunnaic mi nach b' aithne dha craobh uinnsean seach craobh bheithe; nach b' aithne dha aon anns a' mhìle de na fùraichean a bha tachairt oirnn, agus gu robh e co aineolach mu bheatha na coille ri fear a thigeadh as a' ghealaich. Agus sin agad duine a bha air a thogail air an dùthaich! Bha e eòlach air na rionnagan, ach bha e aineolach air na nithean a bha làimh ris bho rugadh e.

Bho chionn seachduinn tha mi a' feitheamh ris a' chuthaig, agus tha fhios agam gu'n leum mo chridhe le moit a' cheud uair a chluinneas mi gug-gug. Nach bu nàrach dhomh, mata, na'm biodh na bu lugha de eòlas agam mu'n chuthaig na tha agam mu Nebuchadnesar no mu bhodach na gealaich, dithis nach do chuir a bheag de chomain riamh orm, agus nach fhaca mi riamh anns an fheòil. Ged a tha Nebuchadnesar anns a' Bhiobull agus nach 'eil an uiseag idir ann bha cho mhaith leam dol a dh' ionnsuidh na h-uisge ri dol gu Nebuchadnesar a dh' fhaotainn leasan ann an diadhaidheachd, no a dh' fhoghlum mu obair a' chruthachaidh agus an fhreasdail. Tha an fhianuis a tha na h-eòin, agus na h-ainmhidhean, agus daolagan is enuimhean na tahnainn, a' toirt duinn mu Dhia agus mu rùintean Dhe cho soilleir agus cho firinneach ris an fhianuis a gheibhear bho dhiadhairean. Agus air uairean fada fada na's firinniche, oir tha iomradh againn ann an eachdraidh na h-eaglais air diadhairean a rinn breug, ach cha 'n innis eòin no daolagan breug. Cha mhò a tha claon-bhàigh aca ri Calvin seach ri Arminius; innsidh iad dhuit an creud is am paidir ceart coma cò de 'n dithis sin a bhios an uachdar.

Uair-eigin de m' shaoghal bha meas nach bu bheag agam-sa air leabhraichean nam feallsanach, ach mar is sine tha mi a' fàs is ann is motha m' amharus nach 'eil anns na feallsanach ach ciombail a tha ri gliongarsaich. An diugh theid seachduinnean seachad gun mi a thoirt làmh air gin de na leabhraichean sin, ged tha gu leòir dhiubh air an sgeilb agam. Bha là eile ann; bhithinn uair-eigin a' caithris na h-oidheche, a' leughadh leabhraichean mòra is tioram de 'n t-seòrsa

sin, an dùil gu'm faighinn annta eòlas is solus is gliocas nach robh agam fhéin. Ach is mise, a Mhuire, nach d' fhuair; bha cho mhaith dhomh a bhi a'm' chadal, oir cha robh aig na feallsanaich ri thoirt domh ach *briathran, briathran, briathran*. Am faca tu riamh balaich a' peilisteireachd? Cuiridh iad suas prop; seasaidh iad air an ais deich ceumannan, agus tòisichidh iad air na peilisteirean a thilgeil air a' phrop, a dh' fheuchainn cò aca a leagas e. Tha iad a' cluicheadh air ghaol cuimse an làimhe a dhearbha lh. Sin agad mar tha na feallsanaich. Cha 'n' eil anns an fheallsanachd ach peilisteireachd. An uair a sgrìobhas feallsanach leabhar cuiridh e suas feallsanach eile mar phrop agus gabhaidh e dha le briathran, briathran, briathran, gus an leag e e, agus an sin gladhaidh e àird a chinn, mar a rinn coileach Mor Bhàn, *Ta-ra-ra-boom-de-ay*.

Tha cainnt dhaibh féin aig na feallsanaich, cainnt neònach agus cainnt atmhòr; cainnt a chuireas eagal is urram ann an cridheachan dhaoine eile. Ach aon uair 's gu'n ionnsaich thu a' chainnt sin cha chuir iad eagal tuilleadh ort, oir cha 'n' eil na facail mhòra a bhios iad a' cleachdadh a' ciallachadh dad; cha 'n' eil annta ach mar gu'm biodh dìstean ann an làimh cleasaiche. Bho chionn mhiltean bliadhna tha na feallsanaich a nis a' deasbud, ach ma tha, cha 'n' eil iad dad na's dlùithe air na ceistean air a bheil iad a' deasbud fhuasgladh na bha iad ann an làithean Phlato. Agus a ràdh na fìrinn, cha 'n' eil ann an feallsanachd na Roinn-Eòrpa o chionn ceithir cheud bliadhna ach peilistearachd air Plato is Aristotle.

Sin agad, mata, an t-aobhar gu'n do sguir mise de bhi a' leughadh leabhraichean nam feallsanach, agus gu'n do thòisich mi air seòrsa eile air nach robh mi cho eòlach 'n am òige. Cha robh iad ach a' cur tuainealaich 'n am cheann, a' toirt dhomh cloiche an uair a bha mi ag iarraidh arain, agus a' cur mar fhiachaibh orm gu robh iad a' foillseachadh dìomhaireachd na Cruinne dhomh an uair nach robh nìread is aon togail aca air a dheanamh air an roinn-bhrat a tha air aghaidh Nàdur.

Is e na leabhraichean is fhèarr leam an diugh leabhraichean-eachdraidh is leabhraichean dhaoine d' an aithne mu obair a' chruthachaidh; mu na creutairean a tha air uachdar na talmhainn, agus anns an fhairege; mu na luibhean a tha fàs ann; mu chùrsa na bliadhna agus mu chuairt nan nèamh. Cha 'n ann a' snìomh bhriathran a bhios na daoine sin mar 'a bhios am figheadair a snìomh snàtha as a chorp; chum iad an sùilean féin fosgailte agus tha iad ag innseadh dhuinne

gu réidh ciallach cìod a chunnaic iad. Sin, tha mi an dùil, an dòigh is fhèarr air smuaintean is rùintean Dhé a leughadh, ar sùilean a chumail fosgailte agus aire a ghabhail do na nithean a tha tachairt anns a' chruthachadh mu 'n cuairt oirnn, oir is e làmh Dhé a rinn e. B' àbhaist do dhuine gaolach o shean a bhi ag ràdh gu'm bu bhràithrean da-san 'uile chreutairean na coille, eòin na h-ealltainn, is béisteagan na macharach; agus tha sin glé fhìor. Bho ìochdar gu uachdar a' Chruinne is e toil an aon De bhèò agus lagh an aon Dé bhèò a tha ag oibreachadh, air chor agus nach 'eil dad a' bhuineas do bheatha a' chreutair as isle gun bhuintealas a bhi aige ri beatha mhic an duine. Feòraich de 'n mbaigheach c' ar son a tha e ag atharrachadh gu dath an t-sneachda anns a' gheamhradh; no de na creagan ciamar a gheibhear annta cnàmhan bheathaichean nach 'eil an diugh ann; no de 'n ghealag-làir c' ar son a tha a ceann crom; agus ma gheibh thu fhìos air sin cuiridh e solus duit air iomadh rud a thaobh nàdur Dhé is cùrsa do bheatha fhéin a dh' fhàg na diadhairean agus na feallsanaich dorcha.

Là a bha trì boirionnaich Fhrangach a' dol gu'n obair anns a' mhaduinn chunnaic iad duine 'n a shuidhe air cloich aig taobh gàrraidh, agus e a' dùr shealltuinn air rud-eigin aig a chasan. An uair a bha iad a' dol dachaidh, ann an dol fodha na gréine, bha an duine 'n a shuidhe anns a' cheart àite gun chàrachadh, agus a shùil fhathast air an làr. "Amadan bochd air chor-eigin," arsa té dhiubh ri càch, agus i 'g a croiseadh féin, "gu'n gleidheadh Dia e." Cò an t-amadan bochd ud a bha 'n a shuidhe fad an latha air cloich a' dùr amharc air béisteag shònruichte ach Fabre, duine a tha a leabhraichean an diugh ainmeil, agus a dh' fhosgail saoghal ùr do dhaoine eile leis an eòlas a chruinnich e is a thug e dhaibh mu mheanbh-bheatha na talmhainn. A thaobh a chrannchur shaoghalta cha robh ann am Fabre ach duine bochd; leig e le daoine eile a bhi ri ùinich is ùpraid a' deanamh airgid, agus lean e air gu sàmbach a' gabhail aire do dhòighean sheilleanan is sheangan is dhaolagan. Cha b' ann air ghaol buannachd a rinn e e, ach air ghaol an eòlais, agus air ghaol obair Dhé anns a' chruthachadh a thuigsinn. Cho fad 's a mhaireas an saoghal bidh meas aig sgoilearan air obair an duine so, oir cheasnaich e Nàdur ann an spiorad na h-irioslachd, agus fhuair e freagairtean anns a bheil sùgh is brìgh: freagairtean a chuireas solus air beatha chlann-daoine cho mhaith 's a chuir iad solus air nàdur an dealain-dé.



Tha rìoghachd nèimh cosmhuil ri gràinne de shìol mustaird, a ghabh duine agus a chuir c'n a fhearann: nì gun teagamh às lugha de gach uile shìol; ach an uair a dh'fhàsas e, tha e na's mò na na luibhean, agus fàsaidh e'n a chraoibh, ionnus gu'n tig eunlaith an adhair, agus gu'n gabh iad còmhnuidh 'n a geugan.—Mata, xviii., 31-32.

B'e so na briathran a thàinig gu m' inntinn an uair a bha mi a'm' shuidhe anns an Ard-Sheanadh o chionn ghoirid, ag éisdeachd ris an Ollamb Seumas Ogilvie ag innseadh mu 'n turas air an do chuir an eaglais e do na h-Innsibh an Ear. Air là Nollaig bha e ann an Kalimpong; bha ceithir cheud duine anns an eaglais air an t-Sàbaid, agus thuit e nach mòr gu'm b'urrainn da labhairt ris a' choimhthional ud leis mar bha a' chridhe air a lionadh le iongantas is gairdeachas is moladh. Nach bu chruaidh an cridhe nach taisheadh le sealladh cho glòrmhor, ceudan de na cinnich a bha aon uair anns an dorchadas a nis a' togail suas fonn nan Salm, agus a' moladh an Tighearna air son teachd a Mhic!

An uair a bha mi ag éisdeachd ris an deagh sgeul a bha aig an Dotair Ogilvie ri thoirt duinn chaidh m' inntinn air ais gu là eile ann an eachdraidh an t-soisgeil anns na h-Innsibh, an là air an d'fhosgail an t-Urramach Alasdair Duff sgoil ann an Calcutta. B'e Alasdair Duff a' cheud soisgeulaiche a chuir eaglais na h-Alba do na h-Innsibh, ach an uair a thòisich esan cha robh aige ach còig balaich anns an sgoil, agus cha mhò a bha tigh aige anns an cumadh e an sgoil sin fhéin. Bha e léin agus na balaich a' coinneachadh fo dhubar craoibhe. Sin dealbh a dh' fhan 'n am inntinn o'n cheud uair a leugh mi e, an t-Urramach Alasdair Duff 'n a sheasamh fo chraoibh bhanyan agus am Biobull 'n a làimh, ag innseadh do chòig balaich Hinduach mu Dhia an t-Athair agus mu Iosa a Mhac. Ach an diugh tha sgoilean aig eaglais na h-Alba anns na h-Innsibh anns a bheil barrachd sgoilearan ag ionnsachadh a' Bhìobuill na tha ann an sgoil air bith anns a' Ghàidhealtachd. Dh' fhàs an gràinne de shìol mustaird 'n a chraoibh mhòir, agus tha duilleach na craoibhe a chum leigheas nan cinneach.

Ma tha mìneachadh air bith air a' cheann-teagaisg so feumail gheibhear am mìneachadh as fheàrr ann an eachdraidh na h-eaglais. Cha 'n 'eil ach ceud bliadhna uile gu léir o thòisich an eaglais againne air obair shoisgeulach anns na h-Innsibh an Ear, ach cheana tha an aon bheag 'n a mìle agus

aon shuarach 'n a cinneach làidir, agus tha Dia a' luathachadh a cheumanna air feadh na tìre sin. An diugh tha Eaglais na h-Alba a' cur a mach trì fichead is trì deug duine do na h-Innsibh a shearmonachadh an t-soisgeil, tha dhùth air ceithir cheud de cheistearan, de mhinistearan, agus de mhaighstirean-sgoile aice de mhuintir an àite féin, agus tha còig mìle fichead de luchd comanachaidh aice, barrachd 's a tha aice anns a' Ghàidhealtachd uile gu léir. Agus theagamh gu'm faic cuid againn an là anns am bi barrachd Chrìosduidhean an ceangal ris an eaglais anns na crìochaibh thall na tha ann an Albainn air fad. Gu'n deònaicheadh Dia an là sona sin a theachd gu luath, an là anns an cuir na h-Innsean an crùn air a mhac.

Ged nach 'eil na cosmhalachd so mòr tha e bòidheach, agus rud is fheàrr air fad, tha e a' beathachadh dòchais anns an eaglais agus a' cumail a h-eud agus a misnich beò. Labhair Crìosd e a chum misneach is creideamh a dhùsgadh ann an cridheachan a dheisciobul a thaobh na h-oibre a dh' ionnsuidh an do ghairm e iad. Agus bu chòir dhuinn uile a chumail fa chomhair ar n-inntinn los ar creideamh agus ar dòchas a neartachadh. Cha bhì ar saothair dìomhain anns an Tighearna. Ged nach 'eil cùisean mar bu mhaith leinn air thalamh gidheadh tha rìoghachd Dhé a' fàs, agus tha iagh Chrìosd a' faotainn greim air inntinn is coguis an t-saoghail.

Ann an sùilean Pharasach is Shadusach bha Iosa agus a chompanaich cho suarach 's nach creideadh iad a muigh no am mach gu'm b' urrainn daibh rìoghachd Dhé a chur air chois. Ach ged a bha an rìoghachd beag is suarach ann an tùs a tòiseachaidh bha cumhachd Dhé innte agus cha b' urrainn nach fàsadh i. Ann an làithean fheòla cha robh mòran dheisciobul aig Iosa, ach is ann as an uaigh anns an do leagadh e a dh' éirich craobh na beatha a tha an diugh a' toirt fàsadh do na cinnich fo a sgàile. Air là na Caingis bha mìltean air an iompachadh agus air an cur ris an eaglais, agus bhuaith sin tha àireamh nan creidmheach a' fàs anns a' h-uile linn gus a bheil barrachd dhaoine a' lùbadh an glùn do Chrìosd an diugh agus ag aideachadh 'ainme na tha ag aoradh do dhia air bith eile. Cha 'n ann mar luibh-sgàile Ionah a dh' fhàs ann an aon oidheche a tha an eaglais Chrìosduidh a' fàs ach uidh ar n-uidh; tha i mar gu'm biodh togail mhòr anns a' bheil clach air a cur air muin cloiche is sreath air muin sreatha a' h-uile linn. Ach ann an lànachd na h-aimsir bidh

an togail crìochnaichte, agus thig lànachd an Cinneach a steach innte.

Ach cìod a tha muinntir na h-eaglais againne a' deanamh ann an craobh-sgaoileadh an t-soisgeil? Am bheil iad a' cuideachadh obair an t-soisgeil a ròir mar a thug Dia comas is soirbheachadh dhaibh. Na'm faigheadh an Dotair Ogilvie dà thasdan 's a' bhliadhna bho gach duine a tha 'ainm air rola a' chomanachaidh anns an eaglais bhiodh e toilichte, agus na'm faigheadh e trì, dheadh e uail asda mar a rinn Pol às an eaglais a bha ann an Philippi, ach an aite dà thasdan, tha mòran de luchd-comanachaidh na h-eaglais nach 'eil a' toirt da ach sia sgillinnean, agus gu leòir nach 'eil a toirt sgillinn idir dha. Mo nàire, mo nàire, daoine a tha ag aideachadh ainm an Tighearna, gu'n cosgadh iad am maoin uile air faoineas is rìomhadh is òl is nithean a riarachas an fheòil, agus nach toir iad do aobhar an t-soisgeil ach na cheannaicheadh boresa mhaidseachan!

AIG AN T-SEANADH.

Bha mi aig an t-Seanadh ann an Dun-éideann ann bliadhna, rud nach 'eil tric a' tachairt, agus na dh' fheòraicheas tu ciamar a chòrd e rium their mi mar a dh' abradh Agur mac Iaceh, gu robh dithis de na h-aithrichean a chòrd rium gu sònruichte, seadh, triùir a bha tlachdmhor 'an cluinn-tinn, an t-Ollamb Urramach S. C. Russell, an t-Ollamb Urramach W. P. Paterson, agus an t-Ollamb Urramach I. N. Ogilvie.

Is e an Dotair Russell, seana mhinistear Cheann-loch, athair na h-eaglais an diugh, ach ged a tha e ceithir fichead is trì deug, tha a bhuidhean uile aige cho mhaith 's a bha iad riamh, ach a mhàin a chlaisteachd, agus thug e seachd òraid cho tlachdmhor 's a chuala mi fad an t-Seanaidh. Cha robh Pol fhéin na b' fhuranaiche mu na h-eaglaisean a chuir e air chois na tha an Dotair Russell mu na eaglaisean anns a' Ghàidhealtachd; tha ro-chùram nan eaglaisean anns na h-eileanan an Iar a' luidhe air a chridhe gun sgur, agus na'm b' éigin da uail a' dheadh na tha mi làn chinnteach nach deanadh e uail á rud eile ach so, gu'n d' fhuair e ministear a shuidheachadh ann an Eige, no ann an Truimsgaraidh, no ann an gin eile de na h-eaglaisean a tha gun mhinistear anns a' Ghàidhealtachd. An uair a dh' éirich an Dotair Russell a' labhairt anns an t-Seanadh bha e furasda gu leòir fhaicinn nach e mhàin gu robh meas aig a bhràithrean air, ach gu robh gràdh aca dha, agus na'm bu chomasach e, gu'n tugadh iad dha an cluasan, mar a

dhùraigeadh muinntir Ghalatia an suilean a thoirt do Phol. Anns an fhurann a rinn an Seanadh ris bha tuilleadh is urram na h-aoise; bha urram air a thoirt da air son a dhiadhbaidheachd agus a stuamachd. Ma gheibh an Dotair Russell dà bhliadhna eile de shaoghal bidh e trì fichead bliadhna agus a deich ann an dreuchd na ministrealachd, rud nach 'eil bitheanta a' tachairt anns na làithean so. An uair a bha e ann an Ceann-loch, aig àm dùsgaidh, shearmonaich e a' h-uile latha anns an t-seachduinn, agus dà uair air an t-Sàbaid, fad shia mìosan.

Is fhada o chuir Calum Posta as leth nam ministearan nach 'eil faighidinn mhaith aca idir ach gun aontachadh ri Calum uile gu léir, feumaidh mi a ràdh nach 'eil an Seanadh gaolach air òraidean fada, no air daoine a tha air son bruidhinn agus gun dad sònruichte aca ri ràdh. Ach cha'n fhàsadh an Seanadh sgith de'n Ollamb Paterson ged a leanadh e air a' bruidhinn fad feasgair. Is iomadh car maith a rinn e air son na h-eaglais ach tha mi an dùil gur h-e an t-seirbhis is fheàrr a rinn e riamh, Eaglais na h-Alba iompachadh a thaobh dibhe. Le guth an t-Seanaidh tha Eaglais na h-Alba an diugh ag iarraidh air a buill "gach uile oidhirp a dheadh air tighean-òsda a chur as," agus na tha e maith do'n eaglais a lèmh a chur anns an obair sin, is ann air comhairle Phaterson, seach aon duine eile, a tha i 'g a dheadh. Cha'n 'eil ceist an uisge-bheatha idir cho simplidh no cho furasda a fuasgladh 's a shaoileas cuid. 'Tha mòran dhaoine de'n bheachd nach 'eil ann ach dìomhanas a bhi feuchainn ri daoine a dheadh na suama le achd Pàrlamaid, agus co dhiu, nach h-e sin an armachd a bu chòir do'n eaglais uisneachadh anns a' chogadh a tha i a' deanamh ris an deoch. Their iad riut mu'n uisge-bheatha mar thuirt Pol mu'n t-saoghal, nach 'eil coire air bith ann do dhuine a ghnàth-aicheas e gu ceart, agus nach mi-ghnàthaich e. Sin na beachdan a bu trice a thachradh ort an measg mhinistearan na h-Eaglais Stéidhichte fichead bliadhna roimh so: ged bha a' mhòr-chuideachd dhiubh féin suama cha bu mhaith leò an cothrom a thoirt bho dhaoine eile gloine uisge-bheatha a cheannach is òl, ma thoilicheadh iad. B'e an leigheas a bha aca air drongaireachd na dìthcha, stuamachd a theagasg do'n t-sluagh agus cha'n e na tighean-òsda a dhùnadh. Ach an diugh le comhairle shuidhichte, tha an eaglais Stéidhichte air taobh nan daoine sin ris an abair an sluagh borb *Pussyfoots*, agus is e an t-Ollamb Paterson a dh' iompaich i. Mo mhìle bean-nachd leis! Tha mi an dòchas gu'm bi e

beò gus am faic e beagan de thoradh a shaothrach. Ged nach bu toigh leam mo bheachdan féin a sparradh air duine eile, no tigh-òsda a dhùnadh air a shròin an aghaidh a thoile, tha an truaighe a tha an deoch a' toirt air an dùthaich cho mòr 's gu bheil mi glé chinnteach, na 'n robh e 'n am chomas a' h-uile tigh-òsda anns an rìoghachd a dhùnadh le òrdugh o'm pheann, gu'n deanainn e. Cha bhiodh m' inntinn uile gu léir aig fois, oir bhiodh lèmhachas-làidir de 'n t-seòrsa so calg-dhireach an aghaidh m' uile phrionnsapan agus m' uile dhòigh-ean agus m' uile theagasg, ach ma bhithheadh, saoilidh mi gu'm b' fhearr dhomh m' fhois inntinn a chall seach leigeil leis an ole uamhasach so dol air aghaidh anns an dùthaich o ghineil gu ghineil. Is fhearr do dh' uine tuisleachadh a thaobh bheachdan is laghannan na h-inntinn seach leigeil le bhràthair tuisleachadh a thaobh dibhe.

Ach ma tha thusa a' saoilinn, a leughadair, gu robh mise anns an t-Seanadh gun fhàgail a h-uile latha a bha e cruinn, tha thu a' saoilinn rud nach 'eil ceart. Fòghnaidh na dh' fhòghnas eadhon de 'n t-Seanadh: an uair a theid ministear as na glim do 'n bhaile-mhòr faodaidh e 'uine a chur seachad ann an iomadh dòigh as fhearr na bhì ag éisdeachd r'a bhràithrean. Cha mhisid e sealltuinn mu 'n cuairt agus fasain an t-saoghail fhaicinn; fasain an t-saoghail ann an seadh is farsuinge na aodach nam ban. Ach o'n a thachair gu'n d' thug mi tarruing air aodach nam ban, sin aon de na rudan a chuir iongantach orm am bliadhna. Cho beag 's a tha de 'n aodach air boirionnaich Dhunéidinn. Bha cuid de na biastan air nach robh na dh' fholaicheadh an cìochan; bha iad cho rùisgte 's gu 'n saoilidh tu gu'n do dhìchumhnich iad an aodach a chur orra: is cha b' urrainn duit sealltuinn orra le d' nàire. Gu dearbh fhéin is ann lean fhéin nach toil na fasain ùra so; cha 'n' eil nuighadh eadar bean nodha an là diugh agus na boirionnaich dhubha a chi thu an dealbh ann an leabhraichean, agus gun stiall de 'n aodach orra ach luideag m' an cruachan agus fàinneachan is itean air an stobadh an sid 's an 'so. Bho chionn ghoirid rinn muinntir Dhunéidinn gu leòir de ghlaodhaich mu 'n droch shealladh a chuireas e air a' bhaile postachan caola a bhì air an cur suas air an t-sràid air son nan càraichean, ach b' fhearr leam fada cian a bhì sealltuinn air postachan iarunn seach air casa caola nam ban, agus gach dath a tha anns a' bhogha-fhrois air na stocainnean a tha orra. Ach ma bha iad mar sud anns an fhuachd, aig an Agh a tha brath co ris a bhios iad coltach an uair a thig am blàths!

Tha fasain ann an rudan eile cho mhaith ri aodach bhan; tha fasain ann an litreachas agus ann an leabhraichean, agus ann an bùithean-leabhraichean is e am fasan ùr a chi thu anns na h-uinneagan *Coué*. Cha robh buth leabhraichean anns an deachaidh mi nach do thachair Coué orm gus an d' fhàs mi seachd sgith dheth. Ach co e Coué? Tha, Frangach a tha teagasg gur h-e an dòigh air dol a steach do rìoghachd néimh *thu féin a thogail air chluasan*. Mur do thog mise ceàrr teagasg an duine, sin a tha e a' tighinn thuige, ged nach cuireadh e fhéin mar sin e.

Ach ged a tha e furasda gu leòir dibhearsain bheag laghach a dheanadh air Coué agus a sheòrsa, agus air na leabhraichean a tha taomadh a mach o'n chlà an diugh mu bbuadhan inntinn mhic an duine, ann an ceart da-rìeadh cha 'n fhaigheadh iad éisdeachd no gabhail riu idir mur biodh rud-eigin annta a tha freagarrach do na h-amannan so, agus freumh beag de 'n fhìrinn. Tha sin annta; tha an fhìrinn air an d' fhuair Coué greim fada na 's sine na e féin oir bha i air a teagasg leis an t-Slànnighear. Thuirt esan "A réir do chreidimh bitheadh e dhuit." Ach rinn an saoghal agus an eaglais a leithid de dhearmad air an fhacal sin agus facail eile de 'n cheart sheòrsa a labhair Iosa 's gu bheil an teagasg 'n a theagasg ùr an diugh an uair a tha Coué 'g a thoirt am follais. Rud eile a chuidich le Coué éisdeachd fhaotainn, gu bheil barrachd de chùram air daoine an diugh mu eucailean a' chuirp na tha orra mu eucailean an anama.

Leugh mi cuid mhaith de na leabhraichean ùra so mu bbuadhan inntinn mhic an duine, ach ma leugh, cha d' fhuair mi dad ùr annta; cha 'n' eil annta ach na seann nithean fo ainmean ùra. Na tha annta de 'n fhìrinn gheibhear cheana e anns an Tiomnadh Nuadh, agus na tha annta de ealain gheibhear e anns na seann leabhraichean a bha againn anns an Oil-thigh. Tha amharas agam gu robh iad air an sgrìobhadh le daoine aig nach robh mòran eòlais air na seòmraichean dorcha is dìomhair a tha ann an inntinn mhic an duine gus an d' fhàs an ealain sin fasanta, ach an diugh tha na daoine sin a' cur mar fhàchaibh orra féin gu'n d' fhuair iad a mach nithean iongantach air nach cuallas iomradh riann roimhe. "An ni a bha ann, is e an ni sin féin a bhithas ann; agus cha 'n' eil ni sam bith nuadh fo 'n ghréin."

Ach gu dol air m' ais gu Coué, cha 'n' eil an teagamh as lugha ann nach 'eil an duine a' leigheas dhaoine a dh' fhairtlich air na dòtairean, agus sin gun chungaidh air bith.

ach a mhàin le cumhachd a tha anns an inntinn aca fhéin. Cha 'n urrainn e làmh no cas bhriste a chàramh, no rud a tha fàs ann an stamaig duine a thoirt aise; ma tha dad mar sin ceàrr ort bhiodh e glic dhuit Coué a sheachnadh agus dol gu dotair, ach mur bheil ceàrr ort ach lionn-dubh no neònachas eile mar sin theagamh gu 'n deanadh Coué duine ùr dhìot. Tha e anabarrach maith air an lònidh a leigheas, an lònidh bheag agus an lònidh mhòr, agus a réir m' fhiosrachaidh-sa, is e an lònidh agus an lionn-dubh an dà ghalair is cumanta am measg dhaoine. Air chor agus gu bheil cothrom gu leòir aig Coué air a sgil a leigeil fhaicinn. Tha e coltach gu 'n teid aige cuideachd air crith-ghalair a leigheas, is tinneas-nan-alt, is losgadh-bràghad, is tinneas-tunteamach, is tinneas-ospagach, is leum-droma, is déideadh. Ach cha 'n 'eil e uile gu léir ceart a ràdh gu bheil Coué a' gabhail air daoine a leigheas; cha 'n 'eil idir, is e na tha e ag ràdh gu 'n téid aige air a theagasg do dhaoine ciamar a léigheas iad iad féin; ciamar a thogas iad suas iad féin air chluasar o easlainte gu slàinte.

A réir dhaoine creideasach, ann an inntinn a h-uile duine tha seòmar sàmhach fada fada shìos anns a bheil sìthiche a' fuireach; creutair laghach deanadh dichìolach ris an abair na feallsanaich *Mi-Fein-Fo-Ghlais*, ainm neònach da-rìreadh. Sin an creutair a tha riaghladh do bheatha gun fhios duit; cha 'n 'eil e mionaid 'n a thàmh eadhon an uair a tha thusa a'd' chadal, agus rud glé iongantach bidh e air uairean a' deanamh suas t' inntinn air do shon gun uiread agus do chead iarraidh. Tha clai-steachd agus faireachadh anabarrach geur aig *Mi-Fein-Fo-Ghlais* ged tha e cho fada shìos; cha 'n 'e mhàin gu 'n cluinn e na faicail a labhras tu ach cluinnidh e na smuaintean a' smuainicheas tu, air chor agus gu 'm feum thu a bhì 'n ad earalas air a' h-uile mionaid. Ma chluinneas e thu ag ràdh no eadhon a' smuaineachadh, "Tha mi tinn, no tha mi goirt." creididh e gu bheil thu a' labhairt na firinn, agus ruithidh e cho luath ris a' ghaoith a dh' innseadh do gach féith is alt is cnàmh ann ad chorp gu bheil thu tinn, agus an sin bidh co-fhaireachadh aig d' fhéithean, agus d' uilt, agus do chnàmhan riut, agus *fàsaidh iad goirt*.

Tha aon fhasan aig *Mi-Fein-Fo-Ghlais* a dh' fhaodas tu a chur gu buil mhaith ma bhios tu glic is seòlta. Tha e 'n a fhasan aige a bhì dol air far chlais ort; tha e daonnan air chùl an doruis cho sàmhach ri sìthiche agus a chluas ri toll na h-iuchrach ach an cluinn e cìod a tha thu a' smuaineachadh air. Dean thusa, mata, air *Mi-*

Fein-Fo-Ghlais mar a bhiodh Iellicoe a' deanamh air na Gearmailtich ann an àm a chogadh, a leigeil leò naigheachd a thogail a bhiodh a chum buannachd dha féin gu'n creideadh iad. An uair a bhios e a' tighinn fodhad thu féin a ghearran, no ràdh nach 'eil thu 'g ad fhaireachduinn féin gu maith, cuimhnich gu bheil *Mi-Fein-Fo-Ghlais* aig toll na h-iuchrach, agus abair gu h-aoibheil spailpeanta. Tha mi làidir sona sòlasach, gun phian, gun chùram, gun chnead orm; creididh esan sin agus m' an gann a tha am facal a mach as do bheul, bidh e air falbh cho luath ris an dealanach a dh' innseadh do d' chridhe, agus do ghrùthan, agus do d' ghoile, agus do 'n h-uile ball 'n ad chorp gu bheil thu slàn fallan; agus an uair a chluinneas iadsan sin ni iad gàirdeachas maille riut, is cha bhì faireachadh aca air pian.

Ma tha mise a' tuigsinn a' ghnòthuich so gu ceart, sin far a bheil gliocas is sgil Choué 'g an nochdadh féin, gu bheil ealain bharr-ichte aige air a char a thoirt á *Mi-Fein-Fo-Ghlais*. Agus co aige a tha fhios nach e sin crìoch àraidh a' chreutair so, gu'm biodh an car air a thoirt as a chum glòir mhic an duine. Tha iomadh bith is creutair neònach ann an cruthachadh Dhé, feadhainn dhiubh nach aithne dhuinn e' ar son a tha iad ann, ach tha feum air chor-eigin annta uile air a shon sin.

An diugh tha mòran dhaoine a' call an earbsa anns an Dia bhed, agus a' dol 'n an deann ruith as déidh dhiathan coimheach, agus creididh daoine nach saoilleadh tu naigheachd air bith a dh' innsear dhaibh ma tha i ùr. Sin rud nach 'eil mi a' tuigsinn idir, baoghaltachd dhaoine aig a bheil deagh sgoil. Uair-eigin de 'n t-saoghal bha mi an dùil gu robh an sgoil a' sàbhaladh dhaoine o bhaoghaltachd, agus a' toirt daibh coinnlean glan leis am faigheadh iad àileadh na firinn air chor agus gu'm biodh fhios aca e' àite an rachadh iad 'g a h-iarraidh, ach a nis tha amharus ag éirigh 'n am inntinn nach 'eil an t-ionnsachadh a' deanamh uiread air son dhaoine 's a bha mi an dùil. Thuirinn duine aineolach ri duine air bith a shluigeas na dh' innsear dha, ged a bhiodh a cheann làn de Ghreigis agus de Eabhra; ma tha e baoghalta, agus nach aithne dha an fhìrinn agus a' bhreug air an àileadh no air an dreach cìod am feum a rinn an sgoil da? A réir mar tha mise a' faicinn tha saobh-chreideamh a cheart cho buailteach do dhaoine ionnsaichte 's a tha e do dhaoine aineolach, ach ionnsaichte no aineolach, is e saobh-chreideamh is gisreagaich as deireadh do 'n h-uile duine a thionndas air falbh bho, 'n teagasg fhallan a tha againn anns a chreideamh Chrìosduidh.



POL AGUS TIMOTEUS.

Dean do dhìchioll air teachd a'm' ionnsuidh gu h-àithghearr.—II. Timot. iv., 9.

B'è so an litir mu dheireadh a sgrìobh Pol, an litir a sgrìobh e gu Timoteus, “mo mhac gràdhach.” Tha e furasda gu leòir fhaicinn gu robh fhios aige nach biodh a làithean fada, agus gu'm faodadh a' chrìoch tighinn nair air bith, oir bha e a' feitheamh ri binn a bhàis anns a' phrìosan anns an Roimh. Cha robh duine maille ris, ach a mhàin Lucas caomb, oir thréig a chompanaich uile e. Thréig Demas e, air dha an saoghal a tha làthair a ghràdhachadh: chaidh Crescens do Ghalatia, Titus do Dhalmatia, agus bha Trophimus tinn ann an Miletus. Sin an t-aobhar gu'n d'iarr Pol air Timoteus cabhag a dheanamh agus tighinn thuige; bu mhaith leis duine earbsach agus caraid dlùth a bhì maille ris an àm fheuma.

A dh'aindeòin gu robh Pol mòran na bu shine na Timoteus bha càirdeas is companas eatorra nach robh eadar Pol agus gin eile d'a chomh-sheirbhisich. Cha 'n'èil e furasda a ràdh ciod a tharruing r'a chèile iad; cha 'n'èil e furasda a ràdh ciod a tha a' tarruing dhaoine r'a chèile nair air bith, oir tha gaoth a' chairdeis, mar ghaoth an adhair, a' séideadh far an àill leatha. Bha aon bhann shònruichte 'g an ceangal r'a chèile; b'ann fo shearmonachadh Phoil a bha Timoteus air iompachadh. Sin is ciall do'n fhacal a gheibhear uime ann an litrichean Phoil, “mo mhac gràdhach.”

Bha Timoteus, an dà chuid, 'n a mhac gràdhach agus 'na mhac dleasdhanach do Phol, agus cho luath 's a fluair e am fios a chuir Pol thuige chaidh e do'n Roimh 'ga fhaicinn. Cha 'n urrainnear a nis a ràdh co dhiu a ràinig e m'an d' thàinig a' chrìoch air Pol, ach mur do ràinig, faodar a bhì cinnteach gu'n do ghabh Dia an toil mar an gnìomh, agus gu'n do chuir e sìos a thurus o Ephesus gus an Roimhe ann an leabhar na cuimhne. Faodaidh e bhith gu robh Timoteus e féin air a chur an sàs air a thurus, air son facal Dhé agus fianuis Iosa Crìosd, oir tha e air a ràdh anns an litir a chum nan Eabhruidheach (XIII., 23), “bitheadh fhios agaibh gu'n do chuireadh ar bràthair Timoteus fa sgaoil.”

Tha dithis de na laoidhean as maisiche ann an leabhar nan salm air an stéidheachadh air briathran is fiosrachadh Phoil ri uchd bàis, LIV., LV.

Chrìochnaich mi nis mo chath 's mo réis; Is dlùth dhomh eug is uaigh; M' anam a choisrig mi do Dhia, Triallaidh gu nèamh le buaidh.

Cha do chuir am bàs fiamh no eagal air Pol, oir bha fhios aige co ann a chreid e, agus bha geall aige a bhì maille ri Crìosd. Uair-eigin 'n a bheatha bha fuighair aige gu'm biodh e beò aig teachd an Tighearna, agus gu'm biodh e air a ghlacadh suas anns na nèoil, an còdhail an Tighearna anns an adhar. Ach a nis bha e faicinn gur h-ann air slighe eile a rachadh e steach do làthair-eachd an Tighearna, an t-slighe air an d' imich Stephen is Seumas, agus creidmhuich eile a dh' fhuiling am bàs air sgàth an creidimh. A réir beul-aithris na h-eaglais bha ceann Phoil air a ghearradh dheth le tuaigh anns a' bhliadhna 67.

Ma tha e fìor gu bheil gairdeachas air nèamh an uair a nì aon pheacach aithreachas saoilidh mi gu bheil gairdeachas air nèamh cuideachd an uair a theid leithid Phoil a steach ann. “Iadsan a thionndaidheas mòran gu fireantachd dealraichidh iad mar na reultan fad saoghail nan saoghal.” Thuirt Pol iomadh rud mu oighreachd nan naomh a rinn nèamh ion-mhiannaichte do chridheachan dhaoine eile, agus b'ion eadhon do na h-àrd ainglean an crùn a thilgeadh aig a chasan. Ach ciod a theirear mu na mìltean a thionndaidh e o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain gu Dia, nach deanadh iadsan iolach aig a theachd!

Am measg nan daoine a tha fachairt oirnn anns an Tiomnadh Nuadh is e an dithis is docha leam, Timoteus agus Lucas, agus is e an t-aobhar (co dhiu ann an tomhas) gu robh iad le chèile cho dileas do Phol. Leig Lucas seachad obair na dotaireachd los an aire a thoirt do Phol, agus ciod an t-seirbhis eile a b' fheàrr a b' urrainn e a dheanamh ann an riòghachd Dhé? Tha amharus agam nach do sheas bodhig an abstoil ris an obair a bha e a' deanamh mur biodh Lucas aig 'uilinn. 'N a dhòigh fhèin bha Timoteus a cheart cho feumail do Phoil; ann an feireadh a làithean gu sònruichte bhiodh e a' cur a chomhairle ris na bu bhitheanta na ri gin eile de shoisgenlaichean na h-eaglais.

Tha cuid de dhaoine am beachd nach robh ann an Timoteus ach duine gun mhòran ann; duine laghach gun sgoinn. Ach cha 'n'èil sin fìor. Cha bhiodh Pol cho gaolach no cho measail air mur biodh tìr is sgoinn ann;

mur biodh deagh earbsa aige 'n a ghliocas cha chuireadh e Timoteus air feadh nan eaglaisean mar a rinn e, a réiteachadh chùisean a bha ceàrr. Cha mhò a dh' iarraidh e air a bhi 'n a sheòrsa de easbuig anns an Eaglais ann an Ephesus, dreuchd a chuireadh dearbhadh air gliocas is faighidinn Ghabriel, oir bha muinntir Ephesus cho duilich an riaghladh ris na h-Eirionnaich fhéin. Eadar dream àraidh aig an robh barrachd ùigh ann an sloinnteachd agus ann am faoineas eile na bha aca ann am fòghlum diadhaidh, agus daoine eile leis am bu mhaith a bhi 'n an luchd-teagaisg ged nach robh fhios aca ciod a bha iad ag ràdh; eadar iad sin agus mnathan gun nàire is luchd-dreuchd gun ghràs a bha milleadh sìth na h-eaglais, bha a leòir ri dbeanamh aig duine air bith a bhiodh air a shuidheachadh mar fhear-riaghlaidh innte. Cha robh teagamh air bith aig Pol nach robh Timoteus comasachadh air breith chothromach a thoirt seachad ann an cùis air bith a thigeadh air a bheulaobh, agus dealachadh a chur eadar an cruithneachd agus am moll, ach bha amharus aige gu robh e rud beag bog-chridheach agus nach biodh e cho teann no cho cruaidh air na h-eucoraich 's a bu chòir da. Sin an t-aobhar gu'n d' thug e na h-earailean air a gheibhear anns a' cheud litir a sgrìobh e thuige, "Na deanadh duine air bith tàir air t'òige; thoir t'aire do leughadh, do earalachadh, do theagasg; na dean dearmad air an tiodhlac a tha annad."

Cha robh Timoteus gun fhàiling na's mò na daoine eile, ach ma bha e dlùid is meata, furasd a lubadh a null agus a nall le daoine làidir dalma, bha a choguis maoth agus a chridhe blàth, agus bha e 'n a uile chaith-eamh-beatha 'n a eisempleir do na creidmhic ann an Ephesus. Mur robh e cruaidh no teann air daoine eile bha e teann air féin, a' cumail a chuirp fo leithid de smachd 's gu'n do mhill e a shlàinte. Sin an t-aobhar gu'n d' iarr Pol air, "Na h-òl uisge na's fhaide, ach gabh deur beag fiona air son do stamaig, agus air son na laigse a tha tighinn ort cho tric."

A thaobh suaimhneas is comhfhurtachd an t-saoghail so bha beatha Phoil air uairean glé chruaidh is lom. Anns an dara litir a sgrìobh e chum nan Corintianach tha e ag innseadh mu shaothair a chuirp agus àmhghar anama ann an seirbhis na h-eaglais. "O na h-Iudhaich fhuair mi còig uairean dà fhichead buille ach a h-aon; ghabhadh orm le slatan trì uairean; chlachadh mi aon uair; dh' fhuiling mi long-bhriseadh trì uairean; là agus oidheche bha mi anns an dòimhne; ann an turusan gu minic, ann an cunnartan aibhnichean, ann an cunnartan luchd-

reubainn, ann an cunnartan o mo luchd-dùthcha, ann an cunnartan o na Cinnich; ann an saothair agus an sgios, ann am faire gu minic, ann an acras agus ann an tart, ann am fuachd agus an lomnochdas." Ciod a bha cumail suas cridhe is misneachd an abstoil an uair a bha na stuadhan sin a' dol thairis air? Bha dà ni, (1) am fiosrachadh a bha aige air làthaireachd an Tighearna, agus (2) an gaol a fhuair e bho bhuidheann beag de chàirdean dileas. Agus am measg nan càirdean sin bha an t-àite a b' urramaiche aig Timoteus. Bha e féin is Pol a' freagairt air a chéile, mar a fhreagras an òrdag air a' ghlaic. Cha 'n ann air son buadhan no comasan an inntinn a bhios daoine a' taghadh an càirdean, ach a chionn gu òheil iad a' faotainn annta fois is beatha is ùrachadh d' an cridhe. A réir choslais fhuair Pol sin ann an Timoteus, agus thug e dha anns an litir so teisteanas gun iarraidh, an teisteanas as fheàrr is urrainn aon duine a thoirt do dhuine eile,—*gu'm bu mhaith leis fhaicinn an uair a bha am bàs dlùth*. "Dean," ars' esan, do dhìchioll air teachd a'm' ionnsuidh gu h-aithghearr.

Cò an caraid air an cuireadh tusa, a leughadair, fios n' an robh thu air leaba do bhàis? Cnuasaich air a' cheist sin agus theagamh gu'n cuir do smuaintean féin iongnadh ort. Agus theagamh gu'n cuir-eadh iad iongnadh air do chàirdean cuideachd.

CALUM UDALAN.

M'an toir mi am follais cuid de na litrichean a sgrìobh an duine laghach so theagamh gu'm bi e cho mhaith dhomh innseadh co e. Agus ciod an t-innseadh as fheàrr air na gu'm bu mhac peathar e do Chalum na Cròige! Chual an saoghal uile ionradh air Calum na Cròige, maraiche de mhunntir Mhuile, agus duine cho fìrinneach ri Rougemont fhéin. Fada m'an do rugadh Nansen, no Scott, no na sgiobairean eile, a dh' fheuch ri faotainn gu cridhe na h-àirde Tuath chuir Calum slat-iasgaidh an stobadh air ceann-biorach an t-saoghail. An déidh làimhe bha aithreachas air nach do chuir e ceannag fhodair ann an sorran na gaoithe tuath.

Cha chuala mi riamh gu ceart c' ar son a thugadh Calum Udalan air an fhear sin dhiubh ris a bheil mo ghnòthuch an dràs, ach tha amharus agam gu'n d' thugadh air e a chionn gu'n d' fheuch e uiread sheòrsachan oibre is ceaird ann an làithean òige. Bha e greis aig an t-saorsainneachd, is greis a' reic uisge-

bheatha ann an Glaschu; fad samhraidh bha e ag iasgach ghiomach ann am Port na Luinge ann an Colla, agus an geamhradh 'n a dhéidh sin bha e a' teagasg sgoile ann an Diùra. Aon uair bha e 'n a fhear-paca a' dol a mach o bhùth-leabhraichean, is uair eile o bhùth-ao-daich; an dràsadh bhiodh e a' cléirsinneachd aig marsanta mine, agus a rìs bhiodh e a' ceannach ghamhna ann an Uidhist los beagan a chur asda aig an Eaglais Bhric. Mar so cha robh sgrù a' dol air ach a' siubhal, agus 'n a shiubhal bha e a' tachairt air gach gné is seòrsa dhaoine, air chor agus gu'n do ghabh inntinn agus a theanga faobhar nach gabhadh iad 'n an d'fhan e ann an lub a' gheòidh ann am Muile. Air son an là anns an robh e beò, agus an cothrom a fhuair e, bha e 'n a sgoilear maith, agus na'n gabhadh nàire cur orra, chuireadh na litrichean a sgrìobh e nàire air òigridh an là an diugh, nach h-urrainn Beurla no Gàidhlig a sgrìobhadh le loinn no snas.

Cha ruig mi leas innseadh cia mar a thuit na litrichean sin orm-sa, ach an uair a bhios mi leam fhéin is gasda leam a bhi dol thairis orra, agus air uairean bidh e a' tighinn a steach orm nach 'eil e ceart domh an cumail anns a' chiste, agus gu'm bu chòir domh leigeil le Calum Udalan a ghuth a thogail am meas gineal olc is fhiar, oir tha dreach na firinn air mòran de na sgrìobh e, agus eadhon an uair a bhios e ri feala-dha, tha earlais bheag de ghliocas an dà shaoghail 'n a dhibhearsoin.

Cha robh e riamh pòsda, agus theagamh gur e sin an t-aobhar gu bheil uiread anns na litrichean mu'n dòigh anns am bu chòir clann a bhi air an togail. Uair a bha agam fhéin ri searmon a dheanamh do phàrantan mu theagasg an cloinne thòisich mi air siubhal ann an leabhraichean a' Bhiobull air son bhriathran a bhiodh freagarrach mar cheann-teagaisg. An uair a bha clàr duilleig làn agam de rannan a bha freagarrach, thug mi an aire gu robh na rannan sin uile air an sgrìobhadh le Solamh no le Pol, càraid neònach da-rìreadh mar urrainnean, oir cha robh duine cloinne aig Pol riamh, agus air son Sholaimh dheth, cha robh ann-san ach diù nam pàrantan am measg a chloinne féin. Mar sin ghabh mi ceann-teagaisg às an leabhar a sgrìobh mac Shirach, leabhar a bu chòr a bhi anns a' Bhiobull. na'n robh a' chòir air a cumail. Ach tha daoine an diugh cho aineolach air na sgrìobhturan naomha 's nach aithnich iad rann a litrichean Phoil bho rann a litrichean Chalum Udalan.

Cha 'n 'eil e furasda a dheanamh a mach cò a' bhliadhna anns an do sgrìobh e an litir so, ach tha mi an dhùil gur h-ann uair-eigin

anns a' gheamhradh a bha e ann an Diura.

“Ann an ionnsachadh na cloinne thatar daonnan a' toiseachadh aig a' cheann chearr, ach cha bhi rath air an dùthaich no air a' chloinn gus an tòisichear aig a' cheann cheart. Cha 'n' e crìoch àraidh an ionnsachaidh gu'm biodh daoine air an uidheamachadh gu obair no airgid a dheanamh, ach gu'm biodh an *sùilean air am fosgladh*. Cha bu chòir do dhaoine a bhi smuaineachadh air an ionnsachadh mar rud anns a bheil buannachd, ach mar rud anns a' bheil toilinntinn. Tha amharus agam nach cuireadh pàrantan an clann do'n sgoil, agus nach pàigheadh an dùthaich air son ionnsachadh a thoirt do'n chloinn mur biodh parantan agus an dùthaich am beachd gu'n sealbhaich na cunntairean an talamh mar oighreachd.”

Ma's maith mo bharail cha bu toigh leis idir daoine tioram aig an robh an inntinn litireil, agus bhiodh e ag ràdh glé bhitheanta nach robh freumh a' ghliocais ann an duine air bith ach amadain is pàisdean. Là a bha e ann an eaglais Dhearbhaig bha Maighstir Ruairidh a' searmonachadh mu Eubh agus mu'n nàthair lùbach a mheall i, agus chuir e seachad dà thrìan de'n ùine a' mineachadh do'n choimhthional nach bu chòir daibh an naigheachd a ghabhail gu litireil, a chionn nach b' e gné na nathrach a bhi ri seachas. Cha do chòrd so ri Calum, mar a dh' fhaodar fhaicinn o'n litir so a sgrìobh e gu caraid sònruichte.

“Bha mi an dé anns an eaglais, ach ma bha, thug Maighstir Ruairidh clach dhomh an àite arain. Lean e air fad uair an uaireadair a' dranndail mu Eubh agus mu'n nathair, ag earalachadh dhaoine gun an naigheachd a chreidsinn, a chionn nach robh teanga aig an nathair leis am bruidhneadh i. Am burraidh bochd! Bha e cha eudmhor air son na firinn bhig 's nach d' amais e air an fhirinn mhòir. Coma leam ministearan aig a bheil coguisean cho cam, 's gu'n dean iad cam an sùilean agus an tuigse agus am breithneachadh. Cìod an cron a tha e a' deanamh do dhaoine beaga, no do dhaoine mòra cuideachd, a bhi creidsinn gu'n d' thàinig Satan gu Eubh ann an riochd nathrach? Cìod an riochd eile anns an tìgeadh e? Nach 'eil sin féin a' dearbhadh gu bheil an naigheachd fìor! Ged bha am fear a dh' innis an naigheachd so an toiseach beò ann an ògmhaduinn an t-saoghail, bha e fada na bu ghlice na ministear Dhearbhaig, agus

bha ealain aige air naigheachd mhaith innseadh nach 'eil aig Maighstir Ruairidh. An àite a bhì dol leis na daoine sin a tha cumail a mach nach 'eil cuid de na naigheachdan a tha anns an t-seann Tiomnadh fìor is e mo bheachd féin gu bheil na *naigheachdan* daonnan fìor, agus gur e na *leasain* a bhios Maighstir Ruairidh agus a sheòrsa a' tarruing asda a tha ceàrr, agus gun dreach na fìrinn orra. Tha na naigheachdan cho fìor ri Cinderella, is Santa Claus, is Maol a' Chliobain, is naigheachdan mòra fìrinneach eile de'n t-seòrsa sin. Tha cuimhne agam cho duilich 's a bha mi a' cheud uair a chunnaic mi ann an leabhar nach e cat coltach ris a' chat againn fhéin a rinn fhortan do Dick Whittington, ach soitheach-seòlaidh Lochlannach ris an an abradh na Lochlannaich Cat, bata a bheireadh leatha sia ceud tunna. Coma leam daoine beaga le sùilean biorach nach 'eil a' creidsinn ann am bodach na gealaich, no anns na sithichean. Gheibhear dìomhaireachd na diadhaidheachd na's bitheanta bho na cailleachan na gheibhear i bho na diadhairean, agus cò a' chailleach no bhan-altrum nach fhaca na sithichean a' dawnsadh air na tulaichean cho aotrum iollagach 's nach lubadh iad roinneag fheadh.

Na'n robh Calum Udalan aig m' uilinn agus cothrom agam air a cheasnachadh, bu mhaith leam aon cheist a chur air nach cuala mi riamh air a freagairt, C'ar son nach 'eil fuath aig a sliochd do Eubh? A réir teagasg na h-eaglais rinn Eubh cron air a' chinne-daonna nach do rinn bean no fear eile a bha riamh beò, ach air a shon sin uile cha chuala mi riamh duine a' faotainn coire dhi, no iomradh air duine aig an robh fearg no fuath 'n a chridhe dhi. Cha 'n ann mar sin a bhios sinn a' faireachduinn mu dhaoine eile a rinn olc oirnn fhéin no air na daoine o'n d' thàinig sinn. C'ar son, mata, a tha daoine cho toigheach air Eubh 's a tha iad, am boirionnach a bu mhàthair-aobhair do gach truaighe a thàinig air a chinne-daonna? Air uairean bidh e a' tighinn a steach orm gu'n do dhìchuimhnich na diadhairean so, an uair a rinn iad an crioman ud do'n chreud a tha ag innseadh mu thuitean mhic an duine.

Bhiodh Calum na Cròige a' gabhail sreòdag mhaith drama air uairean, agus theagamh gur e sin an t-aobhar gu'm biodh a mhàthair ag iarraidh air Calum Udalan gun sgrù an aire a thoirt dha féin o'n uisge-bheatha. Bha Calum cho stuama ri Timoteus féin, ach

los tarruig as a mhàthair agus argumaid a dheanamh rithe chuir e thuice an litir so á Glaschu.

"A réir mar tha daoine glic ag ràdh is e òr is ceòl is boirionnach tri sòlasan as motha anns an t-saoghal, agus cò mise gu'n togainn mo ghuth an aghaidh fiosrachadh nan linntean? Thuirt Calum ùr bràthair rium uair-eigin nach do chuir e riamh a mach airgid a thug dha uiread toilintinn ris na peighinnean a chur e anns an òl, agus thuirt e cuid-eachd nach d' fhairich e gu'n do rinn fìon no uisge-beatha riamh cron d'a bhodhig, ach gu'n do rinn iad maith mòr d'a inntinn agus d'a chridhe. Creididh mise gu'n do rinn; gu'n do rinn iad barrachd maith d'a spiorad na rinn searmoin Mhaighstir Ruairidh d'am spiorad féin. Chuala mi Maighstir Ruairidh a' searmonachadh fad uair an uaireadair, ag iarraidh oirnn maith-eanas a thoirt d'ar naimhdean, ach aig deireadh an t-searmoin bha mo chridhe-sa cho làn de dheamhain 's a bha e aig a thoiseach, ach bidh Calum 'ur bràthair ag innseadh dhomh nach 'eil aige-san ach dhà no trì ghloineachan fhaotainn agus gu'n d' thugadh e maitheanas do Shatan féin. Latha fuar geambraidh a chaidh mi 'g a fhaicinn bha e fhéin agus goistidh a' goil coire air an teine, agus iad a' dol a dheanamh toddi. Chrath mise mo cheann agus thuirt mi riu ann an guth sòluimte, 'Is cealgach an ni fìon, is buaireasach an ni deoch làidir, agus ge b'e neach a mheallar leò cha 'n 'eil e glic.' 'Ho, Ho.' ars' esan, 'cha 'n 'eil ann an sin ach facal a thuirt Solamh agus ceann goirt an là màireach aige. Ach thig thusa an so, a laochain, agus gheibh thu ruda a ni dileag bheag dheth rìgh dhiot.' "

Cha 'n 'eil fhios agam fhéin ciod a their mi ri daoine creideasach a bhios ag innseadh dhomh gu'm fògair gloine no dhà de fhion dearg gamblas is mìorun is farmad is droch amharus as an cridheachan gu buileach, agus gu'n cuir tri no ceithir gu bàrdachd iad. Tha e coltach gu bheil dàimh air chor-eigin eadar a' bhàrdachd agus dibheannan làidir; mur bitheadh cha bhiodh Pàrlamaid an Rìgh a' pàigheadh cuid d'a thuarasdal do bhàrd na Rìoghachd ann am fìon. Ach a dh' aindeòin ciod a theireadh Calum na Cròige, cha bu mhaith leam-sa a chreidsinn gu'n rachadh a' bhàrdachd am feabhas mar bu mhotha a gheibheadh na bàird de fhìon. Rinn Donnachadh Bàn "Moladh Beinn Dorain" air uisge glan an fhuarain.



ORAN NUADH.

Nochdaidh mi dhuit an t-slighe air an tigeadh dhuit triall: seòlaidh mi dhuit le m' shùil. Salm xxxii. 8.

Is e an t-salm so an t-òran nuadh a chuir Dia ann am beul Dhaibhidh, 'nuair a thug e dha maitheanas agus a chuir e folach air a pheacadh. Tha an t-salm a' teagasg cìod a tha Dia ag iarraidh oirnn; cìod iad na h-ìobairtean leis an còir dhuinn teachd 'n a làthair; agus cìod an cùmhnant air an aisig e an anam air ais dhaibhsan a pheacaich 'n a aghaidh.

Tha fios aig an t-saoghal uile air a' pheacadh cillteil anns an do thuit Daibhidh agus leis an do theab e 'anam a chall; agus tha e air a radh gur h-ann bliadhna 'n a dhéidh sin a sgrìobh e an t-salm so. Cha robh a choguis aig fois agus bha an-shocair inntinn a' claidh a bhodhig—" 'Nuair a bha mi a'm' thosd, luidh aois air mo chnàmhan; tha mo bhrìgh air a h-atharrachadh gu tiormachd an t-samhraidh." *Salm xxxii. 3-4.* Ach ged a dhùisg a choguis chiontach fiabhrus 'na bhroilleach leig e le latha an déidh latha is seachduin an déidh seachduin dol seachad gun a pheacadh aideachadh. Ach mu dheireadh, fo theagasg an fháidh Nátan a chuir Dia thuige chum oleas a ghníomha innseadh dha, cha b' urrainn e cumhail air fhein na b' fhaide agus thubhairt e, "Pheacaich mi an aghaidh an Tighearna." Tha e coltach gur h-ann aig an àm sin a sgrìobh e salm LI, an t-salm anns an do dhòirt e mach a chridhe le h-aithreachas is deòir, ag aideachadh a pheacaich agus ag asluchadh tròcair.

Dean tròcair orm, a Dhe, a réir do chaoimhneis gràidh; a réir líon-mhoireachd do chaomh thròcairean, dubh as m' eusaontas. Oir tha mi ag aideachadh m' eusaontais agus tha mo pheacadh a' m' làthair a ghnàth. Thoir orm guth subhachais agus aoibhneis a chluinntinn; agus nì na cnàmhan a bhris thu gairdeachas. Cruthaich annam cridhe glan, a Dhe, agus ath-nuadhaich spiorad ceart an taobh a stigh ùr. Aisig dhomh gairdeachas do shlàinte agus le d' spiorad saor cùm suas mi.

Dh' éisd Dia ri glaodh an aithreachain agus thug e maitheanas dha, agus tha an

salmadair a' seinn anns an t-salm so an t-òran nuadh a chuir Dia 'n a bheul.

'S beannaicht' an duine sin a fhuair
'N a pheacadh maitheanas;
A fhuair le tròcair folach
Air a chiont' is eusaontas.
'S beannaicht' an tí nach agair Dia
'N a sheachranaibh na 's mò,
Is an' a spiorad fòs nach 'eil
Claon-chealgaireachd no gò.

Faodar a radh gur càraid an dà shalm, LI is xxxii.; an dara té ag ùrnuigh air son tròcair, agus an té eile a' moladh Dhe a chionn gu 'n d' éisd e ris an ùrnuigh sin agus gu 'n do nochd e a thròcair.

Anns an ùrnuigh a rinn Daibhidh chleachd e briathran d' an d' fhuair mòran dhaoine coire, " Feagaisgidh mi do luchd-eusaontais do shlighean, agus iompaichear peacaich " (LI 13). Their iad gu robh e dalma do neach a rinn uiread eucoir ris-san, agus a bha air a ghlùinean ag iarraidh maitheanas, a bhì bruidhinn air daoine eile a theasgair no iompachadh. Ach cha b' ann ann an spiorad dalma no féin-fhíreanta a thuirt Daibhidh an rud a thubhairt e, agus saoilidh sinn nach robh e idir as an rathad dha, iarrtas a bhì aige air folach a chur air a sheann olc le seirbbhis ùr a dheanamh do Dhia. B' e an smuain a bha 'n a chridhe, gu 'm biodh e na b' fhasa do pheacaich eile creidsinn ann an tròcair Dhe na' n deanadh e tròcair air peacach cho mòr ris-san. A thuilleadh air sin bha e nàdurra gu leòir gu 'n tigeadh an smuain 'n a chridhe aig a leithid sid a dh' àm, a bheatha a choisrigheadh gu buileach do Dhia agus rabhadh a thoirt do dhaoine eile iad a sheachnadh a chlàbair anns an do thuit e fhéin. Cha 'n urrainn iadsan a fhuair tròcair agus a dh' fhiosraich gairdeachas slàinte Dhe a bhì 'n an tosd, oir tha e cho nàdurra dhaibh luaidh a dheanamh air maitheas Dhe 's a tha e do na h-eòin seinn. Agus a dh' aindeoin cìod a their iadsan a bhios a' faotainn coire do 'n fhacal a thuirt Daibhidh, tha e soilleir do 'n t-saoghal uile gu 'n do theagasg e do luchd-easaontais slighean an Tighearna, agus gu bheil 'aithreachas is 'ùrnuighean a' giùlan toraidh gus an là an diugh. " An uair a dh' iompaichear thu," ars' ar Slànùighear ri Peadar. " neartaich do bhràithrean." Rinn Daibhidh sin, agus ged tha e marbh tha e a' labhairt fathast, agus a' neartachadh iomadh bràthair

bochd aig nach biodh misneach a shùilean a thogail gu nèamh mur b' e gu bheil beatha Dhaibhidh a' teagasg dha nach gléidh Dia a chorruidh gu siorruidh do bhrìgh gur toigh leis tròcair, agus aig nach biodh briathran leis an tigeadh e an làthair an Tighearna mur b'e gu 'n d' thug Daibhidh na briathran sin dha anns na sailm.

Anns an t-salm so, ma ta, tha e a' coimh-ionadh a' gheallaidh a thug e anns an té eile; tha e a' teagasg dhuinn slighean an Tighearna; ag innseadh ciann a dh' aiseig e air ais dha féin gàirdeachas a shlàinte. Agus is e suim na tha aige ri ràdh, gur h-e a' cheud cheum air an t-slighe gu réite ri Dia, ar peacadh aideachadh. Am feadh 's a bha e 'n a thòsd cha d' fhuair e leigheas air an-shocair a cridhe; bu chaomh leis 'eusaontas fholach ach mar b' fhaide a bha e a' deanamh sin is ann a bu truime a bha làmh Dhe air, gus mu dheireadh an d' thubhairt e, "Aidichidh mi m' eusaontas." Agus leis an ath anail tha e ag ràdh, "Mhaith esan cionta mo pheacaidh." Togaidh ar coguis nàdurra a guth air taobh an duine a dh' aidicheas a chionta gu saor agus a dh' iarras maitheanas. Agus do bhrìgh gu bheil gràdh is ceartas is caomhalachd Dhe na s' àirde na ar coguis-ne bheir e maitheanas do 'n aithreachan gu saor is gu pailt. Ma dh' fheuchas sinn ri folach a chur air ar peacanna, agus sinn fhéin is Dia a mhealladh, cha chuir tròcair Dhe folach orra; ach ma ni sinn an ùrnuigh a rinn Daibhidh gheibh sinn am freagradh a fhuair esan. "An tì a dh' fholaicheas a pheacaidhean cha soirbhich leis; ach esan a dh' aidicheas agus a threigheas iad gheibh e trocair."—*Gnath-Fhocail* xxviii. 13. "Ma dh' aidicheas sinn ar peacanna, tha esan fireannach agus ceart, chum ar peacanna a mhaithheadh dhuinn agus ar glanadh o gach uile neo-fhìreantachd."—*I. Eoin* i. 9.

Is ùrnuigh uile gu leir Salm LI, ach anns an t-salm so thionndaidh Daibhidh bho ùrnuigh gu moladh. Is e so an t-òran nuadh a chuir Dia 'n a bheil 'nuair a thog e suas á clàbar làthaich e agus a chuir e a chasan air carraig. Tha òran 'n a bheil a chionn gu bheil aoibhneas 'n a chridhe; agus tha e a' gairm air peacaich eile éisdeachd ciod a rinn Dia air a shon. "Tha thusa a' d' ionad-foluich dhomh; o theinn gleidhidh tu mi; le h-òranaibh saorsa cuartaichidh tu mi."

Aig an ochdamh rann tha guth ùr a' labhairt anns an t-salm, "Fior theagaisgidh mi thu, agus nochdaidh mi dhuit an t-slighe air an tigeadh dhuit triall; seòlaidh mi dhuit le m' shùil." Cha 'n e so guth Dhaibhidh ach guth an Tì a tha e a' moladh. Cha b' urrainn

mac duine a ghabhail air fhéin na briathran so a labhairt agus feumar an gabhail mar fhreagairt caomhail a thug Dia do smuain a dh' eirich ann an cridhe Dhaibhidh. ged nach do chur e an cainnt i. Bhuaill eagal e nach biodh e anns an staid shona so daonnan, agus thuirt e ris féin, Ciod am fios nach tuit mi anns a' chlàbar a rithist; tha an fheòil laidir agus an spiorad anfhann, agus ma dh' fhaoidte gu bheil e ro thràth dhomh m' òrain a sheinn. Is ann a chasg an eagail sin agus a thoirt misnich do chridhe a sheirbbisich a labhair Dia am facal so ris,— "Nochdaidh mi dhuit an t-slighe air an tigeadh dhuit triall; seòlaidh mi dhuit le m' shùil." Cha 'n fhàg Dia a shluagh aig leth na slighe. Cha leòir leis an casan a thoirt as a' pholl; socruichidh e iad air carraig. "Tha mi dearbhta as an ni so féin," arsa Pòl, "and tì a thoisich deadh obair annaibh, gu 'n coimhlion e i gu là Iosa Criosd."—*Phìl.* i. 6. Cho fad 's a bhios an Criosduidh anns an t-saoghal bidh còmhraig an leth am muigh agus eagal an leth a stigh, ach ma tha a shùil ri Dia mar a tha sùilean òglaich air làimh a mhaighstir cha bhi e gun solus no gun neart. Oir bheir Dia neart do'n anfhann agus dhaibh-san a tha gun lùgh meudaichidh e treise. Dhearbh na naoimh uile gur fìor so agus tha e air a dhearbhadh gach latha an diugh fhathast leò-san a tha creidsinn ann, agus a' leigeil an taic ris. Cha 'n 'eil e an comas duine a cheum a stiùradh mar bu chòir dha agus tha feum againn uile air an ùrnuigh a dheanamh gach maduinn, "Treòraich mi ann a' d' fhirinn agus teagaisg mi." Ma tha e 'n a chleachdadh aig neach beannachd is stiùradh an Tighearna iarraidh gu h-iriosal is gu dùrachdach gach latha m' an toisich e air 'obair faodaidh e a bhi cinnteach gu 'n soillsich Dia a dhorchadas agus nach bi e gun fhear-cuideachaidh air a làimh dheis. Oir mairidh facal an Tighearn gu siorruidh.

Nochdaidh mi dhuit an t-slighe air an tigeadh dhuit triall;
Seòlaidh mi dhuit le m' shùil.

MU CHRABHADH-TEAGHLAICH.

B' fhrasda leigeil ris gu bheil cràbhadh-teaghlaich 'n a dhleasnas air a sparradh oirnn, eadhon le solus nàduir. Ma tha e dligheach do gach aon aoradh a dheanamh do'n Dia mhòr uile-ghlòrmhor a chum agus a chruthaich e, tha e dligheach mar an ceudna air gach teaghlach. Bu chòir do gach teaghlach a bhi mar sheòmar-altrumais

airson nèmh, agus sin cha 'n urrainn dhaibh a bhì as eughmais aoraidh do Dhia. Tha aoradh-teaglaich 'n a dhleasnas mòr, agus tha e 'n a shochair mhòr mar an ceudna. Cia glòrmhor an t-sochair co-chomunn spioradail a chumail suas ri nèamh 'n ar teaghlachibh! ar tighean a bhì mar theampull do'n Ti àrd agus uasal nach urrainn nèamh, eadhon nèamh nan nèamh a chumail; ar n-uireasbhuidh-teaghlach a chàramh n'a choinneamh ann an deagh dhòchas; ar taingealachd a dhòrtadh a mach 'n a làthair; a bhì labhairt agus a' conaltradh uime-san do 'm bheil ainglean agus àrd-ainglean a' seinn molaidh agus cliù air an chàrsaichibh òir, le laoidhibh àrda. Ciod an t-sochair as àirde na so? Ma tha an t-Uile-chumhachd a' ceadachadh sochair cho mòr agus cho prìseil dhuinn, an e gu'n diult sinn gu neo-thaingeil feum a dheanamh dheth? Na 'm biodh Dia air a' chothrom so a thoirt do theaghlachibh eile, ach air a dhiùltadh dhuit-se agus do d' theaghlach, cia mar a bhitheadh tu a' gearan agus a' monnhr! Na 'm biodh e air a ràdh, Ceadaicheam do gach teaghlach eile aoradh a dheanamh dhomh moch agus annoch agus air gach tràth, ach 's i so sochair nach toir mi dhuit-se; cha ghabh mi aoradh uait-se; na toir iomradh air an Tighearna Dia ann ad theaghlach. Nach 'b oillteil an toirmeasg so na'm biodh e a mach ann ad aghaidh! Cha do chuir Dia bacadh no casg cho eagallach ort; agus an e gu'n dean thu e le d' thoil fein?

Bha aoradh-teaghlach an measg nan Cinneach; bha diathan bréige aca, an diathan-teaghlach; b' iad so na diathan a ghoid Rachel o Laban. mar leughas sibh ann an *Genesis* xxxi. 34. Gun teagamh air bith b' iodhoil bhreugach a bh' anna; gidheadh tha so a' leigeil ris dhuinn gu'n robh cràbhach agus aoradh-teaghlach air a chleachdadh leo. Bha Abraham ann an ceud hinntibh an t-saoghail, 'n a shàmladh urramach air a' chleachdadh naomh so; agus chitèar an onoir a chàireadh air le Dia 'n a lorg so. *Genesis* xviii. 17-19. Lean Isaac is Jacob an cleachdadh ceudna ge b'e àite an deachaidh iad; ge b'e aite anns an do stad iad a chur seachad na h-oidheche, thog iad altair do Dhia. Tha sinn a' leughadh mu Iob gu'n robh e cho mothachail mu aoradh-teaghlach 's gu'n d' èirich e moch 's a' mhaduinn a thairgseadh aoraidh do Dhia, cha 'n ann ann air amannaibh àraid ach a h-uile là. "Mar so rinn Iob gach là."—*Iob* i. 5. An duine cràbhach diadhaidh sin rìgh Daibhidh, an déidh dha an là a chaitheamh a' giùlan na h-àire air a h-ais, "phill e a

bheannachadh a theaghlach," ii. *Samuel* vi. 20. Agus Daniel, cha deanadh esan dearmad air an dleasnas so ged a bhagair iad a chur gu bàs air a shon.

Bu dìomhain ùine chosg a' dearbhadh gu'n robh an nì ceudna air a chleachdadh fo'n Tiomnadh Nuadh. B' ann de na daoine cràbhach, diadhaidh a bha seasmach 's a' chleachdadh mhaith so, Cornelius; duine air an robh eagal Dhe maille r' a thigh uile, *Gnìomharan* x. 2. 'Nuair a chuireadh teachdaire o nèamh far an robh e, ag àithneadh dha dol do'n àite an robh Peadar. tha e air innseadh dhuinn gu'n d' fhuaradh e ag ùrnuigh 'n a thigh, is e sin r'a ràdh, maille r'a theaghlach. Bu dìomhain tòiseachadh air gach sochair a tha 'n lorg aoradh-teaghlach a chur an céill. Na 'm biodh lobairt-mholaidh agus cliù ag éirigh moch agus annoch o gach teaghlach, bhiodh ar clann a' fàs ann an eòlas an Tighearna; bhiodh sìth, réite, sàmhchair, agus beannachadh an Tighearna fo gach fàrdaich; sheargadh aindiachadh agus peacadh agus thogadh creideamh agus cràbhachd an cinn ou h-àrd.

Tha sinn a' foghlum uaithe so gur dlìgh-each an nì aoradh a dheanamh do Dhia, air a' chuid as lugha dà uair 's an latha. Nach cubhaidh an nì mu'n leig sinn ar teaghlach a mach 's a' mhaduinn gu 'n leigeamaid a mach iad fo chùram a fheasdaidh chàirdeil féin. Nach dàna do aon air bith dol a mach, e fhéin agus a theaghlach, chum an obair shaoghalta gun bheannachadh Dhe iarraidh air féin agus orra-san?. Agus 'nuair a thig an oidheche, nach dàna dha luidhe sìos gu cadal agus tàmh, gun bhuidheachas a thairgseadh do Dhia airson a mhaitheis air an là chaidh seachad, agus a dhìon agus a chùram a ghuidhe tre dhorchadas na h-oidheche! Ma tha aon de 'n teaghlach tinn, no euslan, no fo dheuchainn air bith, nach cubhaidh an nì cuimhne gheidheadh air aig cathair gràis, agus co-aontachadh le chéile ann an guidhe as a leth. Ma tha aon diubh ann an tìr chéin, fada air falbh o thigh an athar, am measg choigreach, air turus tìre no fairge, buailteach do chunnart agus do ainneart, nach iomchuidh an nì gu'n cuimhnicheadh an teaghlach air agus gu'n asluicheadh iad Dia as a leth? Nach sòlasach a smuaineachadh, dealaichte mar tha teaghlachan o chéile le astar, gu bheil dleasnas ann trid am feud iadsan a tha aig an dacha' dh dol a mach 'n an smuaintibh as déidh na feadhach a tha fad air falbh; agus dleasnas trid an tuig iad, ged tha iad dealaichte o chéile 's an fheòil, gu bheil iad le chéile dlùth 's an spiorad am feadh 's a tha iad mar so a' deanamh aoraidh do Dhia.

Is ann trid aoradh-teaghlaich a tha diadhachd thràthail air a deargadh air an anam, an diadhachd sin as fhaide agus as dlùithe a leanas. Feudaidh diadhachd thràthail fuarachadh agus fannachadh am measg gleadhraich agus deuchainnean an t-saoghail bhuaireasaich so, ach is ainmic leis bàsachadh uile no dol eug. Gu tric, an déidh do'n allabanach bhochd dol air seachran o Dhia agus a dhleasdanas, cia tric, an àm cuimhneachadh air tigh 'athair, a tha aoradh an teaghlaich, na glùinean lùbta, na laoidhean binne, na briathran naomh, a' tighinn tarsuinn air 'anam mar dheàrsadh soillse 's an dorchadas, mar ghathan gréine eadar fhlasan fiadhaich na beatha so. Agus is iomad uair a tha cuimhne nan nithean so air a bheannachadh leis an Spiorad Naomh chum an treòrachadh air an ais le aithreachas agus bròn chum an Athar nèamhaidh.

Is iomad lethsgèul faoin amaideach a tha daoine chleachdadh airson an dearmaid air an dleasnas so; ach is e am fìor aobhar nach 'eil spéis aca deth, no cridhe chum buadhachadh ann. Cha 'n 'eil ùine agam, arsa 'n dara h-aon. A bheil ùine agad airson do ghnòthuichean saoghalta? Esan aig am bheil am barrachd r'a dheanamh 's ann aige tha am barrachd feum air ùrnuigh. Tha nàire orm aoradh a dheanamh a'm' theaghlach, arsa fear eile. A bheil nàire ort a bhi air t-fhaotainn a' deanamh obair nan aingeal? nàire ort a bhi coslach ri Daibhidh, ri Iosua, ri Abraham, ri Isaac agus Jacob, agus uile naomh Dhe anns gach linn de'n t-saoghal Gabh nàire gu'n do dhearmad thu e cho fada.

B aithne dhomh duine measail saoi bhir a bha air là àraid 's an eaglais agus a chual searmoin air aoradh-teaghlaich. Phill e dhachaidh, ghairm e stigh a bhean agus a chlann agus a luchd-muinntir, agus an déidh dha innseadh dhaibh na chual e anns an eaglais, thubhairt e riutha, Tha mi 'g am dhìtheadh féin airson an dearmad a rinn mi air an dleasnas so, agus mar dhearbhadh air m' aithreachas, toisichidh mi an nochd féin agus le còmhnaidh Dhe cha dean mi dearmad air tuilleadh. Rinn e mar thubhairt. Thusa rinn dearmad 's an dleasnas so, dean thusa an ni ceudna.

TORMOD MAC LEOID.

LAOIDH CRÉIDIMH.

“*Seallaibh rium-sa, agus bithibh air bhuir tearnadh, uile iomalla na talmhainn.*”

Le creideamh seallaidh mi
Riut féin, Uan Chalbhari,

Mo Shlànuighear caomh;
Nis éisd ri m' ùrnuigh bhochd,
Glan uam mo chiont 's mo lochd;
O bitheam beò dhuit fein
'N a déidh so chaoidh.

O biodh do ghràs gach àm
Toirt treòir do m' chridhe fann;
Dean m' eud na's mò;
Bho 'n bhasaich thu 'g am dhion,
O biodh mo ghràdh dhuit fìor,
Glan, beò, is buan gu sior,
'N a theine beò.

Troim' fhàsach dorch' an t-saogh'
Is tean tigh'nn orm gach taobh
Dean féin dhomh iùl;
Tionndaidh mo dhorch' gu là,
Siab uam deur bròn is cràidh,
Mo cheuman stiùir a ghnàth,
Gu tàmh dhuit dlùth.

An uair thig crìoch mo làith,
'S sruth duaichnidh fuar a' bhàis
Ag iadhadh dlùth,
A Slànuigheir chaoimh, na tréig,
Cuir geilt 's an-earbs bhuan fein;
O giùlain mi gun bheud
A sheinn do chliù.

Bha an laoidh so air a sgrìobhadh le ministear de mhuintir America, an t-Ollamh RAY PALMER. Cha robh e ach dà bhliadhna air fhichead 'nuair a sgrìobh e i. agus tha e féin ag innseadh gu'n do sgrìobh e i le deòir 'na shuilean. Tha an laoidh air a h-eadar-theangachadh gu iomadh cànan. Is e A. Mac Eachuinn a thionndaidh i gu Gàidhlig. Chuireadh i an Laidionn, an Fraingeis, an Gearmailt, agus an cainnt mhòran chinneach anns na h-Innsean an Ear is China. Rinn PALMER laoidhean eile, ach cha d' fhuair gin dhiubh an t-aite a fhuair i so ann an cridhe na h-eaglais Chrìosduidh. B'e PALMER a thionndaidh gu Beurla an laoidh a sgrìobh an naomh BERNARD ann an Laidionn

fosa! 's tu aoi bhneas mòr do shluaigh
'S tu tobar beath 's tu solus àigh.

Tha gaol aig daoine air an laoidh so a chionn gu bheil i a' cur cainnt air iartras an anma air fasgadh fhaotainn ann an Crìosd, agus a chionn gu bheil i a' toirt m' an coinneamh Uan Dhe a thug air falbh peacanna an t-saoghail.

1870
The first of the year
was a very cold one
and the snow lay
on the ground for
many days. The
frost was very
severe and the
wind was very
strong. The
people were
very much
concerned
for the
crops. The
government
sent out
a number of
soldiers to
protect the
crops. The
soldiers were
very brave
and they
did their
best to
protect the
crops. The
crops were
saved and
the people
were very
happy.

1871
The second of the year
was a very warm one
and the snow melted
very quickly. The
frost was very
light and the
wind was very
gentle. The
people were
very much
pleased
for the
crops. The
government
sent out
a number of
soldiers to
protect the
crops. The
soldiers were
very brave
and they
did their
best to
protect the
crops. The
crops were
saved and
the people
were very
happy.



AM FACAL BEO.

Is mór fearg Iehobhah a tha air a taomadh a mach oirnn, a chionn nach do choimhead ar n-aithrichean facal Iehobhah a dheanamh a réir gach ní a tha sgrìobhta anns an leabhar so.—II. Eachdraidh, xxiv., 21.

An uair a thòisich Iosiah air rìoghachadh bha cùisean gu maith dorchas ann an tìr Iudah. Bha an sluagh air an toirt thairis gu buileach do iodhal-aoradh, agus cha robh ann an Ierusalem ach iarmaid beag nach do lùb an glùn do dhiathan coimheach. Bha an teampull 'n a thigh fàs; cha b'è fonn nan salm no guth na h-ùrnuigh a chluinnteadh ann ach sgrìachail chailleach-oidhe is ialtragan. Cha robh ach glé bheag anns na làithean ud a theireadh mar thuirt an Salmadair,

*Bha aobhneas orm tràth thubhairt iad
Gu tigh Dhé théid sinn suas.*

An àite dol suas gu tigh Dhé a dheanamh aoraidh do Iehobhah is ann a bha iad ag aoradh do iomhaighean snaighte, gus mu dheireadh nach robh eòlas no eagal an Tighearna idir anns an tìr. Ach an uair a thàinig Iosiah a dh'ionnsuidh a' chrùin, ged nach robh e fathast ach òg thòisich e air Dia Dhaibhidh 'athair iarraidh, agus chuir e roimhe gu'n glanadh e Iudah agus Ierusalem o iodhalan. Thug e òrdugh an teampull a chàramh agus a dheanamh 'n a thigh ùrnuigh mar bha e anns na seann làithean, obair as an d' thàinig toradh beannaichte, oir am measg na treathlaich agus an t-salchair a bha an luchd-oibre a' tilgeadh a mach le sluasaidean fhuaradh Leabhar an Lagha—am Biobull—a bha air chall o chionn iomadh bliadhna. Cha robh ionghnadh gu'n robh an sluagh aineolach air an Dia bheò, agus gu'n robh tiormachd spioradail anns an tìr, oir cha b'aithne dhaibh Facal an Tighearna.

An uair a chuala rìgh Iosiah briathran an leabhair ud reub e 'eudach, agus chruinnich e r'a chèile uile sheanairean Iudah agus Ierusalem, agus chaidh iad suas do thigh an Tighearna, agus an sluagh uile eadar bheag agus mhòr, agus leugh e 'n an éisdeachd uile bhriathran an leabhair a fhuaradh anns an teampull. Agus rinn an rìgh coimheangal am fianuis an Tighearna gu'n gleidheadh e 'aitheantan agus a theisteis agus a reachdan, agus thug e air an t-sluagh uile an coimheangal ceudna a dheanamh ri Dia an aithrichean.

Tha am Biobull agus an diadhaidheachd a' dol daonnan cas ri cois, oir tha beatha is

cumhachd ann am facal an Tighearna. Tha eachdraidh an t-saoghail ag innseadh dhuinn gu bheil aobhar an Tighearna daonnan a' soirbheachadh an uair a tha meas aig daoine air a' Bhiobull is eòlas aca air, agus gu bheil aobhar an Tighearna a' dol air ais an uair a tha am Biobull 'n a leabhar folaichte no dùinte. Tha so fìor a thaobh na h-eaglais anns an t-seann Tiomnadh, is fìor a thaobh na h-eaglais Chrìosduidh. An dùsgadh a thàinig air aobhar an Tighearna ann an làithean Iosiah thàinig e air a chionn gu'n d' fhuaradh an leabhar a bha air chall. Thachair an ni ceudna ann an làithean Esra an sgrìobhaiche. Ach gun dol air ais cho fada, chithear a' cheart ni so ann an làithean an Ath-leasachaidh, oir b'è am Biobull claidheamh an Spioraid ann an làimh Luther. Chum an eaglais Phàpanach eòlas a' Bhiobull o'n t-sluagh, air chor agus gu'n robh an sluagh dall, ach an uair a leigeadh a mach solus is fìrinn a' Bhiobull bha sùilean nan dall air am fosgladh, agus thòisich an t-Ath-leasachadh. "Tha facal Dhé beò agus éifeachdach, agus na's géire na claidheamh dà fhaobhair air bith, agus a' dol a steach gu ruig eadar-sgaradh an anama agus an spioraid, agus a' toirt breith air rùintean agus smuaintean a chridhe."

Bha là ann a bha meas aig sluagh Bhreatuinn air a' Bhiobull. An uair a thàinig aon de uachdarain nan daoine dubha, ceannard borb a bha riaghladh thairis air treubh bhorb, do Shasunn a dh'fhaicinn mòrachd Bhreatuinn, chuir a' Bhanrìgh Victoria Biobull 'n a làimh anns an dealachadh agus thuirt i ris, "sin agad an leabhar air am bheil mòrachd Bhreatuinn air a togail." Anns an leabhar-eachdraidh a sgrìobh I. R. Greene, tha e ag ràdh, "Ann an linn nam Pùiritanach cha robh aig muinntir Shasuinn ach aon leabhar 'ga leughadh, agus b'è an leabhar sin am Biobull."

A bheil sin fìor an diugh? An aithne do dhaoine am Biobull mar b' aithne d'an seanair no d'an athair e? A dh'aindeoin an adharta is thàinig air an dùthaich a thaobh ionnsachaidh tha eagal orm nach ann air an aghaidh a tha daoine a' tighinn a thaobh eòlas a' Bhiobull, ach gu bheil iad a' dol air an ais. Ann an ceàrnan de'n dùthaich an diugh tha gineal òg a' fàs suas a tha cho aineolach air a' Bhiobull ris na cinnich a tha ann am meadhon na h-Afric. Cha'n fhacas riamh iad a' dol a steach air dorus eaglais, cha do lùb iad riamh an glùn a dh'ùrnuigh, agus ma chluinneas iad uair air bith am Biobull 'ga

leughadh aig tòrradh no cruinneachadh eile, tha iad cho aineolach air 's nach aithnich iad co dhiu a tha am ministear a' leughadh salm no soisgeul. Cha'n aithnich iad eadhon a' cheathramh caibideil deug de shoisgeul Eoin, no a' chòigeamh caibideil deug de cheud litir Phòil a chum nan Corintianach; cha 'n'èil fhios aca co sgrìobhadh iad, no c' àite an do sgrìobhadh iad, no c' ar son a sgrìobhadh iad, no ciod a tha iad a' ciallachadh. Is aithne dhaibh ainm a h-uile bocsaire anns an Roinn Eorpa, agus a h-uile each a ruitheas réis ann an Sasunn, a h-uile cleasaiche ann an tallachan nan dealbh agus a h-uile cluich-eadair a bhualas ball le chois, ach na'm feòraicheadh tu dhiubh cò na daoine a bha anns na h-abstoil, cha b'urrainn daibh innseadh dhuit.

Bho chionn ghoirid bha aon de na soisgeulaichean a tha aig an Eaglais Shaoir Aonaichte anns an Afric ag innseadh dhomh gu robh na balaich dhubha a bha e a' teagasg, clann nan Caffirs, a' dol a stigh airson a' cheasnachaidh a tha an Eaglais sin a' deanamh air a h-òigrìdh a h-uile bliadhna ann an eòlas a' Bhiobuill, agus thuir e gu robh mòran dhiubh na bu choimhlionta anns an Sgrìobtur na cuid de chlann fhoirbheach ann an Albainn. Ann an cuid de sgoilean anns na h-Innsibh an Ear tha barrachd ùine air a thoirt do theagasg a' Bhiobuill na tha air a thoirt dha anns an duthaich so. Air uairean bidh an smuain a' tighinn 'n am inntinn gu'm faicear an latha fhathast, anns an bi an Afrìo agus na h-Innsean a' cur shoisgeulaichean gu Breatunn, air dhi tuiteam air falbh o'n chreideamh.

An coimeas ris a' Bhiobull cha 'n'èil leabhar eile air an t-saoghal as fhiach ainmeachadh, oir is e am Biobull an riaghailt a thug Dia do chloinn nan daoine cionnus a mhealas agus a ghlòraicheas iad e. Tha am Biobull gu h-àraidh a' teagasg ciod is còir dhuinn a chreidsinn mu thimchioll Dhe, agus ciod an dleasdanas a tha Dia ag iarraidh oirnn. Sin eòlas nach fhaighear ann an leabhar eile.

Gu nàdurra tha tart ann an anam mhic an duine an geall air Dia. Is e glòdh an anama bho thoiseach an t-saoghail, "O, nach robh fhios agam c' àite am faighinn e!" Tha Dia r'a fhaotainn ann an iomadh àite agus air iomadh dòigh, ach tha e gu sònruichte r'a fhaotainn anns na Sgrìobturaan. Anns a' Bhiobull cluinnear an Tighearna a' labhairt le soilleireachd is drùidhteachd, a' fosgladh a chridhe agus a rùintean d'a chloinn, a' foillseachadh daibh nithean air nach b'urrainn daibh ruighinn le cumhachd an inntinn féin. "Dia a labhair o shean gu

minic agus air iomadh dòigh ris an h-aithrichibh leis na fàidhibh, labhair e anns na làithibh deireannach so ruinne tre a Mhac."

Theid aig daoine air an truaighe féin fhaotainn a mach as eugmhais a' Bhiobuill, ma ghabhas iad ùine gu smuaineachadh, agus gu sònruichte ma dh' éisdeas iad ri guth an coguis. Ach gun am Biobull cha b'urrainn daibh tròcair is gràdh Dhe a thuigsinn, oir is ann anns a' Bhiobull a gheibhear deagh sgeul a' mhòr aoibhneis, gu'n do ghràdhaich Dia an saoghal cho mòr 's gu'n d' thug e aon-ghin Mhic féin chum 's ge b'e neach a chreideas ann, nach sgrìosar e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh aige.

Bu mhaith do'n dùthaich so na'n robh acras air daoine air son Facal an Tighearna. Tha acras gu leòir orra air son a' phaipear naigh-eachd; is fheàrr leò a bhi leughadh mu Mhustapha Kemal na bhi leughadh mu Chrìosd. Tha acras gu leòir orra air son airgid is fearainn. Tha iad mar dhaoine a' fannachadh anns an fhàsach agus gun suim aca gu bheil tobar na beatha cho dlùth dhaibh.

Cha 'n ann ri aon linn no ri aon chinneach a tha am Biobull a' labhairt ach ris a h-uile linn agus ris a' chinne-daonna. Tha e a' deanamh sin a chionn gu'n co-aontaich coguis nàdurra an duine ris a' chunntas a tha an leabhar so a' toirt air cor spioradail a' pheacaich, agus a chionn gu'm faigh am peacach sìth is fois is saorsa tre chreideamh anns an ullachadh a rinn Dia air a shon ann an Iosa Crìosd. Tha am Biobull 'n a Fhacal beò a chionn gu bheil e a' toirt dhaoine gu Crìosd anns a bheil beatha an anama.

MADUINN AGUS FEASGAR.

Bu mhaith leam seachas goirid a dheanamh mu dhà laoidh a tha freagarrach gu bhi air an seinn aig aoradh maidne agus feasgair. Tha e iomchuidh gu'm moladh daoine Dia anns a' mhaduinn air son fois na h-oidhche, agus gu'n iarradh iad a stiùradh agus a bheannachd m'an tòisich iad air obair an latha, agus cha 'n urrainn iad sin a dheanamh ann am briathran as fheàrr na'n t-òran maidne a rinn an t-Easbuig *Tomas Ken*.

O, m'anam, dùisg, is leis a ghréin,
Imich air sligh' do dheasnais féin;
Mosgail o t'airtneul, 's tairg le gràdh
An iobairt mhaidne do'n Tì as àird.

Gach cliu do Dhia a ghléidh mi slàn,
'S a dh'ùraich mi le fois is tàmh;
Deònaich o'n ùir 'n uair dh' éireas mi
Beatha gun chrìch an rìoghachd na sìth.

Dh'ìocainn as ùr mo bhòid dhuit féin :
Fuadaich mo chionnt mar dhrùchd roimh'n
ghrèin ;

Mo smuaintean stìbhir is gléidh mo chridh',
'S le d' làithearachd féin, O, sàsuich mi.

Na labhras mi 's na thig am bheachd,
Stiùir thus' an diugh an géill do d' reachd,
'S gu'n tugainn dhuit-sa, mar is còir,
Le m' thoil 's le m' chridhe cliù is glòir.

Thugaibh cliù do Dhia na glòir,
Thugaibh cliù dha uile shlòigh,
Molaibh air nèamh, O ainge caomh

An t-Athair, am Mac, 's an Spiorad Naomh.

Tha còrr is da cheud bliadhna bho chaochail
am duine maith a sgrìobh an laoidh so, ach
tha na smuaintean innte cho ùr an diugh 's a
bha iad an dé, agus freagarrach a bhì air ar
bilean gach maduinn. Bha Tomas Ken 'n a
shearmonaiche ainmeil 'n a latha féin ;
sgrìobh e mòran leabhraichean agus ghiùlain
e teas is uallach an latha anns an Eaglais
Shasunnaich, aig àm anns an robh beatha is
obair is diadhaidheachd ghe ìosal innte, ach
ged nach 'eil cuimhne an diugh air a leabh-
raichean tha an laoidh bheag so 'n a clach-
chumhne nach leig le 'ainm bàsachadh.
"Thig crìoch air an t-saoghal, ach mairidh
gaol is ceòl." Tha neo-bhasmhorachd aig na
bàird nach 'eil aig daoine eile.

Rinn Tomas Ken an laoidh so air son té de
na sgoilean mòra a tha ann an Sasunn ; bha i
air a sgrìobhadh air ballachan an t-seòmair
anns am biodh na balaich a' cadal. Thug e
dhaibh a' chomhairle so leatha,—“Seinnibh, a
dhaoine òga, an laoidh so anns a' mhaduinn
agus an laoidh eile anns an fheasgar, oir tha
an Salmadair ag ràdh gur ceart caoimhneas-
gràidh an Tighearna a nochdadh air
mhaduinn agus fhìrinn anns an oidhche.”
Cha 'n urrainn domh tòiseachadh air eachd-
raidh a bheatha innseadh an tràth-sa, ach tha
aon nì air am bu mhaith leam tighinn thairis
a chionn gu bheil e a' nochdadh eiod an seòrsa
duine a bha ann. Bha e cho neo-eisomaileach
's a bha e diadhaidh. Bha taobh aig an
teaghlach rìoghail ris air son géiread 'inntinn
agus cumhachd a shearmonachadh ; ach bha
cho mhaith do'n rìgh feuchainn ris a' mhuir-
làn a thilleadh ri feuchainn ri Tomas Ken a
chumail gun fhianuis a thogail an aghaidh
aingidheachd spioradail ann an ionadaibh
àrda. Uair a bha an rìgh a' dol air thurus
gu Winchester chuir e fios thuige gu'n rachadh
e air aoigheachd d'a thigh, ach an uair a
chuala Tomas Ken gu'n robh caile bheag-
narach nach bu bhean dha a' dol a bhì còmhla
ris an rìgh, thuir e ris, sùil m' an t-sròin,
nach b' ann 'n a thigh-san a gheibheadh iad
leaba. Cha do chòrd an rud ris an rìgh aig

an àm, ach greis 'n a dhéidh sud, an uair a
bha Easbuig ùr ri bhì air a thaghadh air son
Bhath, thuir an rìgh ris an luchd-riaghlaidh,
“Thoiribh an t-àite do'n fhear bheag nach
d' thug leaba do Nell.” An uair a bha an
rìgh ann an galair a' bhàis b'e Tomas Ken am
ministear a bha air iarraidh gu taobh a leapa.
Ged nach 'eil a' bhàrdachd agus an diadhaidh-
eachd daonnan a pògadh beul ri beul, is maith
leinn a chreidsinn gu robh mòran de na
daoine a sgrìobh na laoidhean as docha leinn
cho glan 'n an cridhe 's a bha iad binn 'n an
ceòl.

Am measg nan laoidhean feasgair cha 'n 'eil
aon as taitniche na i so :—

A Shlànauigheir ghràidh, mo ghrian is tu !
Cha 'n oidhche ach là 'nuair bhios tu dlùth ;
Na h-éireadh neula talmhaidh dùmh'l,
'Ga d' fholach mach o bheachd mo shùl.

'Nuair thuiteas dealt a' chadail chiùin,
'S gu séimh mo rosgan sgìth ga'n dùin,
Luidheam le sòlas làn de 'n smuain,
Gu bràth bhì sinnt air luchd an Uain !

Fan leam o mhoch gu luidhe gréin,
Cha bhì mi beò as d' eugmhais féin ;
Fan leam 'nuair bhios an oidhche fàs.
As d' eugmhais, O, na faigheam bàs.

Aon leanabh seachrain, bochd an diugh,
Ma chuir, le tarhuis, cùl ri d' ghuth,
'Na anam tòisich obair ghràis,
'Ga dhùsgadh o chlos peacaidh 's bàis.

An t-easlan fair, air bochd dean fòir,
Le beannachdan neo-ghann do stòir,
Biodh cadal luchd a' bhròin an nochd,
Mar chadal naoidhein sheimh gun lochd.

Bi leinn 'n uair dh' fhosgla sinn ar sùil,
Troimh 'n t-saoghal bi féin dhuinn ad fhear-
iùil.

Gus ann an cuan gun chrìch do ghràidh,
Am faighear sinn an Rìoghachd an Aigh.

Cha robh ministear riamh anns an Eaglais
Shasunnaich, no ann an eaglais eile, a bu
choltaiche ris na h-abstoil na Iain Keble, a
sgrìobh an laoidh fheasgair so. Thàinig e
bho dhaoine diadhaidh agus choisrig a phàran-
tan e do sheirbhìs an Tighearna an uair a bha
e 'n a leanabh. Thug e bàrr air a chomh-
aoisean uile ann am foghlum, agus chaidh
cliù a bhuidhean agus a sgoileireachd air feadh
na tìre ma'n gann a ràinig e ìre duine. An
uair a bha e trì bliadhna fichead a dh' aois
chuireadh air leth e air son dreuchd na minist-
trealachd, agus fad leth-cheud bliadhna bha e
'n a sholus dealrach anns an eaglais d' am
buineadh e. Ach coltach ri Tomas Ken, cha'n
e an obair a rinn e anns an eaglais, no an cliù
a choisinn e mar shearmonaiche a chumas

'ainm air chuimhne, ach a' bhardachd spioradail a rinn e. Chuir e mach leabhar ris an abrar, *Smuaintean air son Sàbaidean is Làithean Naomha na bliadhna*, agus ma sheachnar am Biobull agus an Leabhar Urnuigh, cha 'n'eil leabhar eile is trice a chithear ann an làmhan chreidmheach na'n leabhar sin. Bha, agus tha e fhathast, 'n a aran na beatha do mhòran, agus bidh drùchd na maidne air a dhuilleagan gu bràth, mur cail daoine an càil do na nithean a tha maiseach is fìor-ghlan.

An uair a bha Keble 'n a dhuine òg bha an Eaglais Shasunnach ann an droch staid. Bha an sluagh gun sgoil, agus bha a' mhòr-chuideachd de na ministearan gun eud diadhaidh. B' fheàrr leò a bhì ruith a' mhadaidh-ruaidh, no bhì tilgeil chearca-tomain seach a bhì teagasg an t-sluagh. Ach cha b' ann mar sin Keble. Chuir e roimhe gu'm feuchadh e ri cùisean a leasachadh, agus chruinnich e mu'n cuairt air bannal de dhaoine òga a bha de'n cheart inntinn ris féin. Bha buaidh shònruichte aig air an òigrìdh, agus chuir e sìol 'n an inntinn a thug a mach toradh beannaichte ann an Sasunn. Their cuid gu robh e cho mhaith do'n Eaglais Shasunnaich nach do rugadh Iain Keble riabh, a chionn gu'n do thòisich e féin agus a chompanaich air cleachdanna is modhanna aoraidh nach 'eil a réir gnàths nam Prostanach, ach co dhìu a tha sin fìor no nach 'eil, dhùisg iad beatha is eud spioradail anns an eaglais air an robh i glé fheumail. Cha b'e neart a bhuidhan, ged bha a bhuidhan mòr, a choisinn do Kheble meas is gràdh dhaoine, ach irioslachd a ghiùlain is naomhachd a bheatha. Bha a bheatha ann an da-rìreadh foluchte maille ri Crìosd ann an Dia. Cha 'n'eil teagamh nach do rinn a bheachdan aimhreit anns an eaglais, ach air a shon sin, bha e 'n a dhuine séimh is ciùin, gaolach air sìth. Ged bha ceudan anns an eaglais a' sealltuinn ris mar an athair spioradail, mar bha na creidmheach, òga a' sealltuinn ri Pol, cha robh barail mhòr aig Iain Keble air féin. Bha e air a sgeadachadh le irioslachd mar fhallainn.

OIBRE MIORBHUILEACH.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil dad a' tachairt an diugh coltach ris na nithean a leughar ann an Gnìomharan nan Abstol. Anns an leabhar sin chithear rìoghachd Dhé a' teachd fa chomhair ar sùl; chithear an soisgeul a' sgaoileadh bhò àite gu àite mar lasair theine, ach an diugh saoillear nach 'eil

comharan no mìorbhuilean a' leantainn searmonachadh an t-soisgeil idir. Ach ma tha luchd-leughaidh na duilleig so air am bualadh le mì-chreideamh de'n t-seòrsa sin tha leigheas ann a chomhairlichinn daibh fheuchainn.—iad a' leughadh eachdraidh na h-eaglais ann an *Uganda*, dùthaich mhòr is bhreagha ann am meadhon na h-Afric. Anns a' bhliadhna 1875—goirid air leth-cheud bliadhna air ais—cha robh aon deisciobul aig Crìosd ann an *Uganda*, ach an diugh tha còrr is leth muillean de luchd-leanmhuinn Chrìosd anns an dùthaich sin. Ann an 1884, an uair a thàinig rìgh ùr air a' chrùn, rìgh nach tugadh gnòis do na soisgeulaichean, dh' fhuiling an àireamh bheag de Chrìosduidhean a bha anns an dùthaich àmhghar eagallach. Ann an 1885 bha còig òganaich—am fear a bu shine còig bliadhna deug agus am fear a b' òige dà bhliadhna dheug—air an losgadh anns an teine a chionn gu'n d' aidich iad ainm Chrìosd. Ach tha e fìor riabh, is tha e fìor fhathast gur e fuil nam martarach sìol na h-eaglais. Rinn dìlseachd nam balach ud do Chrìosd drùidheadh cho mòr air fear de na daoine a chuir anns an teine iad 's gu'n robh e air iompachadh, agus ceithir mìosan 'n an déidh-san dh' fhuiling esan am bàs cuideachd air son a chreideamh. Ach dh' fhàs an eaglais gus a bheil an diugh còrr is 500,000 de luchd-aideachaidh Chrìosd ann an *Uganda*. Thachair sin uile an taobh a stigh de dhà fhichead bliadhna; thachair e 'n ar latha féin agus dh' fhaodadh fhios a bhì againn air, *ach cha 'n aithne do dhuine às a' cheud e*. Tha daoine na's eòlaiche air obair na h-eaglais ann an làithean Phoil na tha iad air a h-obair 'n an latha féin; is aithne dhaibh cìod a thachair bhò chionn ochd ceud deug bliadhna ach cha 'n aithne dhaibh cìod a tha tachairt an diugh. Tha oibre soisgeulach a' dol air aghaidh an diugh fhathast a tha a cheart cho mìorbhuileach ris na nithean a thachair ann an làithean nan abstol, ach cha 'n fhaicear iad anns na paipearan-naigheachd. Tha spiorad an Tighearna ag oibreachadh anns an linn so cho cinnteach 's a bha e ag oibreachadh ann an Corint no ann an Antioch.

An àite a bhì trod r'an coimhthionaillean a chionn nach 'eil iad a' cuideachadh an t-soisgeil mar bu chòir daibh, tha mi an dùil gu'm biodh cùisean na b' fheàrr na'n innseadh ministearan dhaibh mu'n obair a tha dol air aghaidh ann an tìrean céin, oir is e aineolas is cion suime màthair-aobhair na spìocair-eachd. Na'm b' aithne do dhaoine an obair mhòr a tha air a deanamh dh' fhosgladh sin an sporain.

The first part of the document discusses the importance of maintaining accurate records of all transactions. It emphasizes that every entry should be clearly documented and supported by appropriate evidence. This includes receipts, invoices, and other relevant documents that can be used to verify the information recorded.

Furthermore, it is noted that the records should be organized in a systematic and logical manner. This allows for easy retrieval and review of the data. Regular audits and reconciliations are also recommended to ensure the integrity and accuracy of the information.

In addition, the document highlights the need for transparency and accountability. All parties involved in the process should have access to the records and be able to understand the details of the transactions. This helps to build trust and prevent any potential disputes or misunderstandings.

Overall, the document provides a comprehensive overview of the best practices for record-keeping. It stresses the importance of thoroughness, organization, and transparency in all financial and operational activities.



AN UINE DOL SEACHAD.

Tha fios aig na beòthaibh gu'm faigh iad bàs.—Eccles iæ., 5.

Tha fios aig na beòthaibh gu maith gu'm faigh iad bàs, ach ma tha, cha 'n 'eil iad a' gabhail suim. Tha fhios aca nach 'eil aithreachas anns an uaigh, ach ma tha, cuiridh iad an uaigh bhuapa bliadhna eile fhathast. A h-uile oidheche a luidheas sinn sìos air ar leabaidh tha sinn ceum na's dlùithe do'n t-siorruidheachd na bha sinn an dé.

Tha tìm mar shruthan siùbhlach, cas,
Toirt leis gu bras gach neach
Do thìr na dichuimhn', is théid iad as,
Mar theid an aisling seach.

Ach ged tha an t-siorruidheachd daonnan a' bagairt orra, tha daoine a' dol air an aghaidh mar gu'm biodh aca an so baile a mhaireas, làn de ro-chùram mu na nithean a dh'itheas agus a dh'òlas iad, agus gun chùram idir mu chor an anama. "*Tha uine gu leòir againn,*"—chuir an smuain sin barrachd dhaoine do ifreann na lethsgèul air bith eile.

Aig an àm so de'n bhliadhna tha e ionchuidh do dhaoine stad air an ceum, agus fheòraich dhiubh féin ciod am feum a rinn iad de na cothroman a thug Dia dhaibh fad na bliadhna, no ciod an dòchas a bhiodh aca na'n tigeadh a' ghairm orra gu h-aithghearr a thàinig air an duine shaoibhir, "An nochd iarrar t-anam ort." An uiridh, an uair a chuir deireadh na bliadhna 'n ad chuimhne gu robh là nan gràs a' dol seachad, gheall thu dhuit féin, a leughadair, gu'n cuireadh tu an gnothuch an dara taobh am bliadhna, agus gu'n abradh tu mar thuirt Iosua, "Air mo shonsa ni mi seirbhis do'n Tighearna." Gheall thu dhuit féin gu'm fosgladh tu doras do chridhe do Chrìosd a tha bualadh aige cho fada. An do rinn thu sin? Tha bliadhna eile air bheil ruith a mach, ach a bheil thusa fhathast mar bha thu roimhe? Ma tha, guidhean ort as uchd Chrìosd, t' inntinn a dheanamh suas gun dàil, agus na smuaintean sin, gu bheil uine gu leòir agad, no gu'm bi àm eile na's freagarrache, a thilgeadh a mach as do chridhe. An uair a tha duine tinn cha 'n fhan e gun eur air son an dotair gus am bi e freagarrach. Nach gorach dhuit mata a bhì na's neo-chùramaiche mu t' anam na bhiodh tu mu d' chorp! Cha 'n fhada gus am bi an corp 'n a dhuslach co dhiù, ach bidh t' anam beò gu bràth. "Ciod an tairbhe a bhiodh ann do dhuine an saoghal uile a chosnadh agus 'anam a chall."

A thaobh ar beatha, is e an t-aon ni as urrainn sinn a ràdh le cinnt, gu'n tig a' chrìoch gun bhì fada. Ged bheireadh Dia 'n a fhreasdal sìneadh làithean dhuinn, tha fhios againn gu'm faigh sinn bàs. *Agus an déidh a' bhàis tha am breitheanas.* Sin smuain a tha mòran dhaoine a' tilgeadh bhuapa gu buileach an diugh. Ach creid thusa mise, a charaid, nach 'eil ann an sin ach aisling caillich mar a dùrachd. Coma leatsa ciod a their mì-chreidich is luchd-fanoid is daoine neo-dhiadhaidh d' am biodh e 'n a naigheachd mbaith nach 'eil breitheanas ann; gabh thusa ri solus an taisbeanaidh a thug Dia dhuinn anns a' Bhiobull, agus ri fianuis dhaoine diadhaidh a bha air an teagasg leis an Spiorad Naomh. "Is eigin duinn uile," arsa Pol, "bhì air ar nochdadh an làthair caithir-breitheanas Chrìosd, chum gu'm faigh gach neach na nithe a rinn e 's a' choluinn, a réir an ni a rinn e, ma's maith no ole e."

Is e eagal an Tighearna tùs a' ghliocais; tha an diadhaidheachd tarbhach chum nan uile nithe, agus tha gealladh na beatha ata làthair agus gealladh na beatha ata ri teachd aig a mhuinntir air am bheil eagal Dhé. Co dhiu a tha am bàs dlùth dhuinn no nach 'eil is e ar dleasdanas agus ar gliocas dèidh a dheanamh chum feum maith a dheanadh do na làithean a tha Dia a' toirt duinn, oir cha 'n 'eil aithreachas anns an uaigh.

*'S an uaigh d' am bheil sinn uile triall,
Maith'neas cha 'n fhaigh 's cha d' fhuur-
adh riamh.*

*Gun chaochladh bithidh cor gach neach
Gu àm a bhinne teachd a mach.*

"Mosgail, thusa a tha a' d' chadal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir Chrìosd solus duit." Tha mòran dhaoine nach robh riamh air an dùsgadh: tha feum aca-san air an t-solus agus air a' ghliocas ata o shuas. Tha mòran dhaoine a bha aon uair 'n an dùsgadh, ach thuit an cadal orra a rìs, agus tha iad marbh gu spioradail. Tha feum aca-san air crathadh a chuireas 'n am fair-eachadh iad. O! gu'n cluinneadh na mairbh sin guth Iosa, agus gu'n tòiseachadh iad air rioghachd Dhé iarraidh m' am bi e ro annoch.

B' àbhaist do aon de na seann diadhairan a bhì ag ùrnuigh mar so, "A Thighearna caomhain iadsan nach 'eil deas agus thoir leat a' mhuinntir a tha abuich." Tha Satan a' cur cagair ann an bhuasan dhaoine an diugh agus ag ràdh riu nach ruig iad a leas a bhì fo ionguin nach 'eil iad deas air son

a' bhàis; gur h-ionnan do'n fhìrean agus do'n aingidh an uair a dh'fhàgas anail na beatha iad, agus nach 'eil ann an nèamh no ann an ifreann ach seann sgenlachd fhaoin. Ach cuimhnich thusa, a leughadair, nach 'eil an sin ach aon de chuilbheartan Shatain, deoch mhilis a tha e a' tairsginn dhuit los do chur a chadal agus do chogus a mhùchadh. Gabh thusa ri cuireadh an t-soisgeil am feadh 's a tha an cothrom agad, agus coisrig thu féin do Chrìosd gun an tuilleadh dàlach. Tha Dia toilich do thèarnadh; mur bitheadh cha do chuir e a Mhac do'n t-saoghal a bhàsachadh air do shon. Tha crann-ceusaidh Chrìosd a' searmonachadh gràdh is tròcair Dhe, ach tha e mar an ceudna a' teagasg duinn gur e tuarasdal a' pheacaidh am bàs. Tha e a' teagasg gu bheil am peacadh toillteanach air corruich is mallachd Dhe, agus toillteanach air sgrìos sìorruidh o làthaireachd an Tighearna. Sin teagasg a' Bhiobuill mu'n pheacadh, air chor agus nach 'eil ann an cagar Shatain ach breugan is mealladh. O! gu'n dùisgeadh Dia a h-uile duine a tha amaideach is neo-chùramach mu chor 'anama gus a chunnart fhaicinn, agus uamhann bàis is breitheanais an taobh a mach de Chrìosd. Is *beannaichte* na mairbh a gheibh bàs anns an Tighearna, ach is daoine gun dòchas na daoine a tha dol a steach do'n t-sìorruidheachd gun aithreachas a dheanamh agus gun iad ann an sìth ri Dia.

CU BREAC FHIONNLÀIDH.

Seinneadh càch cliù Lloyd George ma thogras iad, ach seinnidh mise cliù a' choin bhric aig Fionnladh.

Ruidhleadh Fionnladh; dhannasadh Fionnladh,

Ruidhleadh Fionnladh 's an cu breac;

Ruidhleadh Fionnladh; dhannasadh Fionnladh,

Null 's a nall air drochaid Pheairt.

Aig féill is margadh tha buaireadh gu furasd ag iadhadh mu dhròbhairean agus mu choin; buaireadh nan dròbhairean a bhi ag òl, is buaireadh nan con a bhi tapaid. Ach so an rud a thug ormsa tòiseachadh air cu Fhionnlaidh a mholadh, nach fhacas riamh e a' tapaid. Dà uair 's an t-seachduinn bhiodh e aig a' mhargadh ann an Peairt, agus glé bhitheanta ann an Sruidhla agus ann an Obarpheallaidh, ach cha do chuir e riamh fhiacaill anns an cù eile ged is tric a shir coin eile caonnag ris.

Lìonadh e leabhar na'n innsinn eachdraidh a' choin bhric o thoiseach gu deireadh, ach na'm b' urrainn domh sin a dheanamh gu ceart, bhiodh e fada na b' fheàrr do'n dùthaich a leughadh seach a bhi leughadh

òraidean nan daoine a tha ag iarraidh a steach do Phàrlamaid, oir gheibheadh iad innte seòl air sìth an t-saoghail a chumail is creuchdan an t-saoghail a leigheas, agus sin rud nach fhaighear ann an cainnt no ann an coluadar ar luchd-riaghlaidh.

Cha b'e gealtachd no cion spionnaidh a thug air cu breac Fhionnlaidh an tapaid a sheachnadh, ach rud-eigin eile air nach urrainn mise ainm a chur. Na'm faca tu e ann am Peairt an là a ghabh an tarbh dubh an cuthach agus a theab e am baile uile a chur foidhe fhéin, cha 'n abradh tu gu robh misneach no neart a dhàith air. Sheasadh e a làrach ri aghaidh tairbh no reithe gun fhiamh gun eagal, ach leigeadh e le cù eile leum air a mhuin gun uiread agus feuchainn ri e féin a dhion. Cha bu toigh le Fionnladh idir am fasan a bha aig a' chu bhreac, oir bha e calg-dhìreach an aghaidh a nàduir féin a chluas chli a thionndadh ri duine air bith a thug sgaile dha air an té dheis. Là a bha e ann am Peairt leum caoiltean grannda de chù air, aig nach saoiladh tu gu'm biodh de chridhe aghaidh a thoirt air a' chu bhreac, ach ged a thug an cù caol an fhuil as a chluais, agus a lean e e fad na sràide, a' dranndan 's a' draochann ris, cha d'f' thuirt an cù breac ris gu'm b' ole a rinn e. *Dhiult e dol a thapaid.* Chuir so an fhearg air Fionnladh agus thòisich e air a stuigeadh anns an fheàr eile, ach an uair a dh'f' fhairtlich air a chur a thapaid, bhuail e breab air agus thuirt e, "A mhic na galladh, cha 'n 'eil annad ach an *Pacifist.*"

Sin agad am facal ceart; dh' amais Fionnladh air an fhior fhacal a bha freagairt air a' chù aige, Pacifist. Anns a' cheàrn so de'n dùthaich cha toigh leò na Pacifists idir, ach a thaobh sin dheth, cha 'n 'eil aobhar ghearrain aca, oir cha 'n 'eil ann an Adholl ach trìuir Phacifists uile gu léir, an greusaiche, am ministear, agus cù breac Fhionnlaidh. Ach ged nach toigh le daoine na Pacifists dh' fhairtlich orm duine idir fhaotainn a b' urrainn Gàidhlig a chur air an fhacal. An dé fhéin dh' fhoighneachd mi de bhean Eachainn am b' urrainn ise innseadh dhomb ciod an seòrsa dhaoinne a tha anns na Pacifists, no am b' urrainn i ainm Gàidhlig a thoirt orra. "Cha chuala mise riamh," ars' ise, "ainm Gàidhlig eile orra ach na Bolsheviks, agus ma ghabhas tusa mo chomhairle leigidh tu an siubhal leò, oir cha 'n 'eil annta ach droch dhaoinne."

Ach gu dol air m' ais gu cù Fhionnlaidh cha bu droch eile esan co dhìù, agus cha mhò a rinn coin eile casachas-làidir air a chionn e bhi 'n a Phacifist. 'Na àite sin is ann a chiosnaich e a h-uile cù anns an sgìreachd gun uiread agus aon ghlamhadh a thoirt





orra, no fbiacian a chasadh aon uair. Gun teagamh dh' fhuiling e tàmailt an toiseach, agus air uairean goirteas cinn is cluaise, ach mu dheireadh thuig na coin eile nach robh feum ann daibh caomnag a thairgsinn dha. Dh' ionnsaich iad, cha 'n e mhàin, a bhì modhail ris, ach a bhì càirdeil ris cuideachd; agus an uair a nochdadh e e féin air féill no margadh bhiodh fichead cù a' feitheamh air gus a shròn imlich, agus mòr asda féin cuideachd gu'n leigeadh e leò sin a dheanamh. An uair a leumadh cù aineolach air, bheireadh e gàire ort iongnadh a' choin sin fhaicinn 'n uair nach rachadh e a thapaid ris agus nach dìonadh e e féin. Stadadh e mar gu robh e a' faicinn tamhaisg, no mar gu robh ni-eigin ann an coslas a' choin bhric nach buineadh do'n t-saoghal, agus air a' cheann mu dheireadh thàirngeadh e air ais agus earball eadar a dhà chois mar chreutair a bha faireachduinn gu'n do rinn e rud nàrach. An ceann greis shnàigeadh e gu dìblidh suas ri cù Fhionnlaidh, ag ràdh ris ann an cainnt nan con, "Ma's e do thoil e, a Mhaighstir, thoir maitheanas dhomh, agus cha dean mi a leithid gu bràth tuilleadh." Sin mar a fhuair cù breac Fhionnlaidh 'n a rìgh air coin Àdholl. Chiosnaich e iad leis an rud sin ris an abair clann daoine macantas, ainm eile air a' ghliocas ata o shuas.

Tha rìoghachdan an t-saoghail an diugh mar gu'm biodh coin aig faidhir, a' dranndan 's a draochann ri chèile gun sgur; cuid dhiubh ag iarraidh tapaid, is cuid eile nach seachain i ged nach 'eil iad 'ga h-iarraidh, a chionn gu bheil eagal orra gu'n abrar nach 'eil annta ach gealtairan is cladhairean. 'Nam measg uile cha 'n 'eil aon rìoghachd aig a bheil de ghliocas no de mhisnich na dh' fheuchas an dòigh a ghabh cù breac Fhionnlaidh. Theagamh gu'n abair thusa rium, a leughadair, nach cuir-eadh sin stad air cogadh anns an t-saoghal, ach ciamar is urrainn thu bhì cinnteach, *oir cha d' fheuchadh riamh an dòigh so.* Dh' fheuch na rìoghachdan doighean eile air cogadh a sheachnadh, agus dh' fhairtlich e orra fhathast. Ach cha 'n 'eil còir air bith aca a ràdh nach 'eil eifeachd ann an dòigh nach d' fheuch iad.

Tha mi an dùil nach h-urrainn duine an Tiomnadh Nuadh a leughadh gun fhaicinn gu robh smuaintean de 'n t-seòrsa so ann an inntinn Iosa. Tha e duilich a ràdh le cinnt cìod a shaoileadh Iosa de chùisean mar tha iad anns an Roinn-Eòrpa an diugh; cìod a theireadh e ri rìoghachdan a tha cumail suas mòran airm, agus iad uile ag ràdh gur ann air ghaol na sìthe a tha iad 'g a dheanamh. Tha e duilich a ràdh le cinnt cìod a theireadh

Iosa mu chogadh, no mu dhleasdanas a luchd-leannmhùinn an uair a thòisicheas cogadh, oir cha do labhair e riamh gu soilleir air a' chùis; cha 'n e so aon de na ceistean a bha fa chomhair 'inntinn agus theagamh nach do smuainich e oirre riamh. A thaobh teagasg Chrìosd mu chogadh, feumaidh a h-uile duine a reusan féin a chleachdadh mar is fheàrr is urrainn e, ach air mo shon féin dheth, cha 'n urrainn mi a ràdh gu h-onorach gu bheil mi a' creidsinn gu'm beannaicheadh Iosa rèiseamaidean is brataichean is luingeas-chogaidh, no gu'n d' fhuair mi riamh 'n a theagasg dad a tha toirt gnùise do chogadh. Tha fhios agam gu bheil diadhairean mòra is sgoilearan maith 'n am aghaidh anns an ni so, diadhairean is sgoilearan as fheàrr na mise, ach ged b' fheàrr leam air uairean mi féin a bhì ceàrr agus iadsan a bhì ceart, thig an t-amharus daonnan air ais 'n am inntinn gu bheiltear ag éigneachadh briathran Chrìosd an uair a dh' fheuchar ri cogadh fhreanachadh a mach as a bheul. Leugh mi fichead leabhar anns an robh so air a dheanamh; dh' éisd mi ri fichead searmon agus an còrr anns an robh an teagasg ceudna air a sparradh orm, ach ged dh' fheuch mi ri chreidsinn, agus ged bha amannan 'n am bheatha anns am biodh e 'na chomhfhurtachd dhomh a chreidsinn, fad na h-ùine bha amharus 'n am chridhe nach robh taic no fallaineachd ann an argumaid nan daoine, agus gu robh iad a' togail an cùirn air stéidh anfhann.

Ann am bliadhnachan a' chogaidh, an uair a bha luchd-teagaisg na dùthcha a' rannsachadh a' Bhiobuill as ùr, a dh' fhaotainn ann smuaintean is briathran a neartaicheadh cridheachan dhaoine anns an obair uamhasach anns an robh iad an sàs, cha b' ann anns an Tiomnadh Nuadh no ann an teagasg Chrìosd a bha iad a' faotainn nan smuaintean sin agus nam briathran sin ach anns an t-Seann Tiomnadh, ach anns na fàidhean agus anns na sailm. Tha sin fhéin 'n a chomharra gu bheil an solus a gheibhear ann an teagasg Chrìosd mu chogadh gu maith fann. Bha na fàidhean a' searmonachadh do'n rìoghachd, a' labhairt ris an dùthaich gu léir, ach cha b' ann ris an rìoghachd a labhair Chrìosd ach ri daoine fa leth. Sheas na fàidhean mar gu'm b' eadh air cnoc, agus le guth a chluinneadh na mairbh dh' innis iad do Israel cìod a bu chòir dì a dheanamh an uair a bha Asiria no an Eiphit a' bagairt oirre. Cha do labhair Chrìosd le guth mòr; cha do sheas e air cnoc a dh' fhùdarachadh a dhùthcha an aghaidh na Roimhe, ach an uair a thachradh duine air a bha ag iarraidh na

slighe cheart, an t-slighe a tha treòrachadh gu Dia agus gu sonas agus gu sìth, thug e an duine sin a leth-taobh is dh'innis e dha rùndionhair an Tighearna gu h-uaigneach.

Cha'n urrainn mise a ràdh gu'n do rinn mi suas m'inntinn a thaobh teagasg nam Pacifists; faodaidh e bhith nach rachadh aca air saoghal ùr a dheanamh na's mò na chaidh aig na daoine a tha creidsinn ann an cumhachd a' chhlaidheimh. Ach co dhiu tha bàigh agam ris a' h-uile duine a tha feuchainn ri iuntinn Chriosd a thuigsinn, agus teagasg Chriosd a leantuinn, eadhon ged bhiodh iad càrr, a réir mo bheachdan féin. Agus cha'n eil teagamh air bith agam nach e dilseachd do lagh Chriosd a tha toirt orra seasamh air na beachdan a tha aca, agus call is prìosan fhulang seach dol a thapaid. Cha mhò a tha teagamh air bith agam nach 'eil barrachd ri ràdh air taobh nam Pacifists na's urrainn na Prussianach a ràdh air son an creud féin. Tha Prussianach am measg chon na sgìreachd so cho mhaith 's a tha iad ann am Prussia fhéin; bha fear dhiubh aig a' mhuilleir is fear eile dhiubh aig a' bhancair, ach ged bu luath agus bu làidir na bèistean iad, chrìochnaich iad an làithean air slabhraidh, coltach ris a' Cheasar, gun ghaol aig eò no abhag orra, agus gun aca de'n talamh 'g a shealbhachadh mar oighreachd ach fad na slabhraidh a bha 'g an ceangal. Ach eò breac Fhionnlaidh, nach do rinn tapaid riamh, bha an t-siorramachd uile aige-san mar oighreachd; ann an deireadh a làithean dh'fhaodadh e dol o Dhailnaspideal, gu Craoibh, agus o Chraoibh gu Gleannsìth, gun chù eile a chasadh a shròine ris. Cha'n 'e mhàin gu robh rìoghachd aige, ach bha iompaireachd is ùghdarras aige am measg nan con ge b'e àite an nochdadh e e féin. An uair a chitheadh tu e air latha margaidh ann an Obarpheallaidh, a' dol am measg nan con crosda a bhios aig na ciobairean à Rainneach is taobh Loch Tatha, agus a' cur stad air an tapaid le *ionghnadh a chur orra nach rachadh e féin a thapaid*, bhiodh e na leasan na b' fheàrr dhuit na ged shuidheadh tu fad oidhche gheamhraidh ag eisdeachd rium-sa no ri ministear air bith eile a' mìneachadh nam briathran ud a thuirt an Slànuighear, "Na cuiribh an aghaidh an uile; ach ge b'e neach a bhualas tu air do ghial deas, tionndaidh thuige an gial eile mar an ceudna."

Air uairean bidh mi a' cnuasachadh 'n am inntinn féin air a' cheist, Ciod a thachradh na'n do dhiùlt Breatunn dol a thapaid ann an 1914? Tha mi an dùil nach deànadh e atharrachadh air bith ann an beatha an t-saoghail ged dhiùltadh rìoghachd bheag dol a thapaid a chionn gu robh amharus aice

nach robh i làidir gu leòir, no a chionn gu robh a cridhe fuar is meata. Ach tha mi ag ainmeachadh Bhreatuinn air a h-ainm a chionn gu bheil fhios aig an t-saoghal uile gu bheil an dà chuid neart is misneach aice. Ciod a thachradh na'n diùltadh a leithid sin de rìoghachd dol a chogadh, ged bhiodh i cinnteach gu robh ceartas air a taobh agus gu'm faigheadh i buaidh leis a' chhlaidheamh? Tha e duilich a ràdh ciod a thachradh, ach co dhiu thachradh rug-eigin ann am beatha an t-saoghail a chuireadh dearbhadh air a' chreideamh Chriosduidh. Ma tha gin d'ar luchd-teughaidh is urrainn a' cheist sin fhuasgladh, no aig a bheil smuaintean air a' chùis a bu mhaith leò innseadh, bhithinn toilichte na'n cuireadh iad 'g am ionnsuidh iad, agus bheirinn am follais iad air an duilleig so. Ged tha mise ag iarraidh an t-soluis, cha'n 'eil an solus a tha agam féin ach fann, ach bidh e a' tighinn a steach orm gur h-e so a thachradh, gu'n cailleadh i a beatha ach gu'n tèarnadh i a h-anam. Chailleadh i a maoin agus a glòir shaoghalta, ach air a shon-sin, bhiodh a' bheatha shìorruidh sin aice a tha aig gach neach a chailleadh a bheatha air sgàth Chriosd. Sin an fhreagairt a bheirinn-sa air a' chéist, gu'm biodh cumhachd is ùghdarras aig an rìoghachd 'n a bàs nach robh aice 'na beatha. Tha daoine eile ag ràdh rium nach cailleadh i a beatha no a maoin idir, ach gu'n cìosnaicheadh i an saoghal le *ionghnadh*, gu'n tugadh i air rìoghachdan eile nàire a ghabhail dhiubh féin agus an amaideas a thréigsinn, agus gu'n sealbhaicheadh i an talamh uile mar thoradh a macantais.

Ach co dhiù, is e so ceist as fhiach do dhaoine cnuasachadh oirre, oir is e cogadh aon de na trì uile as mò a tha bagairt air rìoghachd Dhé air thalamh agus air beatha a' chinne-daonna. B' àbhaist e bhi air a ràdh gur h-e na h-uile eile, gort is plàigh, ach 'n an àite sin, chuirinn an t-òl agus an galair mosach. Tha aobhar aig Breatunn an athchuinge a chur suas ri Dia anns na làithean so, gu'm biodh i air a saoradh bho chogadh, agus bho òl, agus bho 'n ghalair mhosach. Ach ma thug thu an aire dha, cha b' ann idir air na h-uile mhòr is uamhasach sin a bha na daoine a bha ag iarraidh ort an cur a steach do Phàrlamaid a' labhairt air a' mhios a chaidh seachad, ach air rudan beaga faoine, co dhiu a b' fheàrr bo mhaol odhar no bò odhar mhaol. Sin an t-aobhar, mata, gu'n crìochnaich mise mar a thòisich mi, agus gu'n abair mi, Seinneadh càch cliù Lloyd George ma thogras iad, ach seinnidh mise cliù a' choin bhric aig Fionnladh.



AM FACAL BEO.

Seallaibh riumsa, agus bithibh air bhuir tèarnadh, uile iomalla na talmhainn; oir is mise Dia agus cha'n'eil aon eile ann.—Isaiah xlv., 22.

Tha fhios agam gu'm bi an duilleag so air a leughadh le mòran dhaoine air a' cheud Shàbaid de'n bhliadhna. agus bu mhaith leam naigheachd innseadh dhaibh mu'n cheann-teagaisg so, naigheachd a tha a' dearbhadh gu bheil facal an Tighearna cumhachdach is beò.

Air a' cheud Sàbaid de'n bhliadhna 1850 bha droch latha ann, cur is cathadh sneachda, agus o nach b' urrainn e dol do'n eaglais aca féin chaidh gille òg a steach do'n eaglais a bu dlùithe dha, eaglais bheag de'n chomunn Mhetodach. Cha b' aithne do'n t-saoghal ainm a' ghille òig aig an àm ud, ach is aithne do'n t-saoghal uile e an diugh, an t-Urramach C. H. Spurgeon. Bha e fo chùram anama, 'n a shé bliadhna deug a dh'aois, ach gèd bha e fo chùram cha robh e fhathast air iompachadh. Cha robh mòran anns an eaglais, ach co dhiù bha dìthis no trìuir innte, agus far am bheil dìthis no trìuir ag ùrnuigh tha làthaireachd is beannachd an Tighearna an sin. Cha b'e ministear a bha a' searmonachadh ach fear-oibre, duine aig nach robh mòran sgoil, ach mur robh sgoil aige bha eud diadhaidh 'n a chridhe agus miann peacaich a bhì air an tèarnadh agus air an toirt gu Crìosd. B'e an ceann-teagaisg a ghabh e. "Seallaibh riumsa, agus bithibh air bhuir tèarnadh uile iomalla na talmhainn." Rinn na briathran greim air inntinn Spurgeon, ach rinn iad an tuilleadh greime air an uair a shocruih an searmonaiche a shùil air gu sònruichte mar gu'm biodh e a' leughadh a smuaintean, agus a labhair e mar so, "A ghille òig," ars' esan, "tha coltas truagh ort, agus is ann truagh a bhitheas tu, truagh 'n ad bheatha agus 'n ad bhàs, mur toir thu ùmhlachd do'n fhacal so a tha an Tighearna a' labhairt riut an diugh, ach ma bheir thu ùmhlachd dha bithidh tu air do thèarnadh air ball."

Theagamh gu'n abair thusa, a leughadair, gur h-ann air thuairream a labhair an duine mar sud, ach co dhiù is ann no nach ann, chaidh an saighead a thilg e gu cheannuidhe, agus bha Spurgeon air iompachadh. Dh'amhaire e ri Iosa air a cheusadh, agus chreid e gu'n do bhàsaich e air son pheacach, agus air ball bha a chridhe air a lìonadh le aoibhneas is sìth trè bhì creidsinn. Le aon bhoillsgeadh de shoillseachadh spioradail

fhuair e an ni air nach robh e ag amas fad iomadh là; fhuair e an diomhaireachd bheannaichte, nach ann aige-san a dh' oibricheas no aige-san a ghuileas ach aige-san a chreideas a tha a' bheatha mhaireannach. So fianuis Spurgeon féin mu thimchioll na saorsa a fhuair e an là ud, "Mar a chunnaic mi Iosa air a' Chrann fa m' chomhair, agus a suatainich mi air fhulangas agus air a bhàs shaoil mi gu'n d'thug an Slànuighear caomh shùil gràidh orm, agus an sin sheall mi ris agus thuir mi 'n an chridhe.

*"Iosa thug do m' anam gràdh,
Gu d' uhd bàigheil teicheam féin."*

Thuit eallach mo pheacaidhean bhuan; bha e an sud nach an uair agus bha mise cho aotrum ris a' ghaoith. Mar chreutair air sgiathan dheanainn itealaich thairis air beanntan trioblaid agus eu-dòchais. Dhù-raichdinn leum le aoibhneas, oir fhuair mi maitheanas mòr. Fhuair mise, a'm' bhalach, Tighearna na Glòire. Fhuair mise, leanabh dorchadais, solus na beatha. Fhuair mi mo Shlànuighear agus mo Dhia."

Bha an stoirm ann fhathast an uair a sgaoil an eaglais, ach na bha stoirm a muigh bha sìth ann an anam an duine a fhuair foluch air a chionta.

B'e ùrnuighean a mhàthar a bu mheadhon air cùram a dhùsgadh ann an anam Spurgeon an toiseach, oir bha ise daonnan a' tagar ri Dia a clann a thèarnadh, agus bha an obair mhaith air a crìochnachadh anns an eaglais bhig air an là stoirmeil ud le cumhachd an Spioraid Naoimh. Agus bha aoibhneas air nèamh cho mhaith 's a bha aoibhneas air thalamh, oir tha aoibhneas air nèamh an uair a thèarnar aon anam. O! luachmhorachd anam an duine an sealladh Dhé! Tha e cho luachmhor 's nach do chaomhain e eadhon mac a ghràidh, ach gu'n d' thug e seachad e gu saor a chum gu'm biodh peacaich air an tèarnadh.

Cha b' ann gum fhios do Dhia a choinnich an searmonaiche Metodaich agus Spurgeon r'a chéile an là ud. Is e Dia a tha cur sneachd is uisge is stoirm: cha'n'eil anns na siantan ach a theachdairean agus a sheirbhisich; choimhlion an sneachd a rùintean diomhair air an t-Sàbaid ud, dirèach mar bha a rùn-diomhair air a choimhlionadh anns na làithean o shean an uair a chuir an Spiorad Naomh an soisgeulaiche Philip sìos do Ghàsa a chum sliغه na slainte fhosgladh do'n chailteanach a Etiopia.

*An dòighean diomhair gluaisidh Dia,
Thoir iongantais mu'n euairt:*

*Mar charbad dha tha 'n doinionn dhiàn,
'S tha lorg a chois 's a' chuan.*

Fad iomadh là an déidh dha bhi air iompachadh bha Satan a' feuchainn ri bacadh a chur air obair an Spioraid Naoimh ann an anam Spurgeon. Cha 'n eil ann an Satan ach Satan féin; ach is aithne dha a ghnòthuch, agus cha b' iongnadh ged a dh' fheuch e ri buille-bhàis a thoirt do Spurgeon, saighdear òg a bha gus a' rìoghachd-san is uachdranachd-san a mhilleadh. Cha d' fhan Spurgeon 'n a thosd; thòisich a air ball air slàinte an Tighearna a chur an céill, agus air an t-soisgeul a shearmonachadh anns na bailtean a bha dlùth air a dhachadh. Choisrig e a bhuidhean agus a bheatha uile do sheirbhis an Tighearna, mar a dh' fhaodar fhaicinn o'n ùrnuigh so,—

O Dhé mhòir agus ghlòrmhor. d'an aithne mo chridhe agus ata rannsachadh mo shlighean uile, le carbsa iriosal ann an còmhnadh do Spioraid Naoimh tha mi 'g a thoirt féin suas duit gu h-iomlan, mar robairt reusanta. Cha 'n' eil mi ach a' toirt air ais duit do ehuid féin; is leat mi a chaidh, a chum seirbhis a dheanamh dhuil air thalamh, agus do mhealtainn agus do mholadh gu sìorruidh.

Rinn e sin, seirbhis mhòr is bheannaichte do aobhar Dhe air thalamh uile làithean a bheatha, agus tha an obair sin a' dol air aghaidh an diugh fhathast, oir ged tha e marbh tha e fhathast a' labhairt. Cha 'n' eil mi uile gu léir cinnteach, ach tha mi an dùil gu bheil searmoin Spurgeon a' tighinn a mach fhathast. Agus b'e sin na searmoin a bha làn de 'n t-soisgeul agus de spiorad an t-soisgeil; searmoin anns an robh cumhachd an Spioraid Naoimh agus a bha 'n am meadhon air na mìltean a thoirt a steach do rìoghachd Dhé! Dh' éisd a' mhòr-chuideachd ris gu toileach, agus bha an éisdeachd buannaichdail d'an anam.

Tha e air a ràdh gu robh mu dhà mhìle dheug duine air an iompachadh fo shearmonachadh Spurgeon; sin an àireamh a dh' aidich gu follaiseach gur h-ann tre a mhinistrealachd a thàinig atharrachadh nan gràs orra, ach faodar a bhì cinnteach gu robh ceudan is mìltean eile a fhuair beannachd o theagasg gun fhios da. Nach iomadh neamhnaid a tha ann an crùn an t-seirbhisich bheannaichte so ann an glòir, oir iadsan a dh' iompaicheas mòran anama dealraichidh iad mar na reultan gu sìorruidh!

Tha e air a ràdh cuideachd gu'n do reiceadh d'a shearmoin, an uair a bha iad air an cur a mach, còrr is fichead muillean, àireamh a chuireas tuainealaich 'n ad cheann. Sin rud a dh' fhaodas misneach a thoirt do na daoine lag-chridheach is lag-chreidmheach a bhios ag innseadh dhuinn gun sgar nach 'eil meas air

an t-soisgeul an diugh. Tha meas air an t-soisgeul, agus bithidh meas air an t-soisgeul cho fad 's a mhaireas coguis pheacach beò. Aite air bith anns a bheil an soisgeul air a shearmonachadh gu dùrachdach le duine a tha creidsinn ann, agus aig a bheil miann air peacaich a thèarnadh éisdear ris an duine sin le aire. Cò an leabhar eile as urrainnear ainmeachadh ach am Biobull féin, a reiceadh uiread dheth ri searmoin Spurgeon? Ciod is ciall d'a sin ach gu bheil daoine ag iarraidh eòlas na beatha maireannaich, agus gu bheil ionndrainn 'n an eridhe an geall air an Dia bheò. Ann an tùs a thòiseachaidh rinn Spurgeon an cùmhnanta so ris fhéin, nach searmonaicheadh e gu bràth searmon anns nach biodh e comasach do pheacach an t-slighe fhaotainn gu Iosa Crìosd. B'e sin an t-aobhar gu robh a shaothair air a beannachadh cho mòr leis an Spiorad Naomh; dh' àrdaich e ainm is obair an t-Slànuighear agus lean comharraidhean is mìorbhuilean a theagasg

An uair a shiubhail Spurgeon ann an 1892, air là a thòrraidh bha am Biobull a bhiodh aige a' searmonachadh air a leagail air muin na ciste, agus e fosgailte aig an àite so, "Seallaibh riumsa, uile iomalla na talmhainn, agus bithibh air bbur tèarnadh." an rann anns an do thilg e acair anama an uair a bha e air iompachadh 'n a shé bliadhna deug.

An do thilg thusa, a leughadair, t' acair féin anns a' charraig nach gluaisear? Ciod an t-ullachadh a rinn thu air son na sìorruidheachd? Mar dhuine glic cha 'n' eil teagamh nach do rinn thu ullachadh air son na bliadhna so ann an nithean saoghalta, ach na'n tigeadh am bàs ort m'an crìochnaich i c' àite am biodh do chuibhrionn? Co dhiu a tha thu sean no òg guidheam ort le uile dhùrachd mo chridhe gabhail ri fàirgse an t-soisgeil gun dàil, agus ùmhlachd a thoirt do'n Fhacal bheò a tha labhairt riut an diugh, "Seallaibh riumsa agus bithibh air bbur tèarnadh." Cha bhi e gu bràth na's fhasa dhuil thu fhein a thoirt suas do thoil agus do sheirbhis an Tighearna na tha e an diugh. Ma leigeas tu a' bhliadhna so seachad, ma dh' fhaicte nach fhaic tu bliadhna ùr eile, agus ged chitheadh, theagamh nach bi do choguis cho maoth 's a tha i an dràs agus nach bi buaidh-thàlaidh aig an t-soisgeul ort. Tha gairm an t-soisgeil a' tighinn thugad cho pearsonta 's ged bhiodh Crìosd 'g ad ghairm air t'ainm. Seall thusa ris agus abair, "Tha mi a' creidsinn, a Thighearna, cuidich thusa le mo mhì-chréideamh." Ma tha ionndrainn 'n ad chridhe air Crìosd, cuimhnich gu bheil ionndrainn as motha 'n-a chridhe-san 'n ad dhéidh-sa. Cha do ghairm duine riamh air ainm Crìosd ann an dìomhanas; agus gach duine a sheallas ris

agus a ghabhas ris, fad a bheatha bidh e a' faotainn a mach tuilleadh is tuilleadh de chumhachd tèarnaich an t-Slànuigheir.

ANNS A' CHOILLE BHEITHÉ.

Tha' aon rud nach toigh leam an uair a bhios mi anns a' Choille Bheithe, nach urrainn domh caidreabh a dheanamh ri clann na coille mar bu mhaith leam. A dh' aon ni, cha 'n urrainn duinn a chéile a thuigsinn oir cha 'n 'eil an aon chainnt againn, ach ri ùine gheibheamaid thairis air sin na'm b'e sin uile na bha a' tighinn eadarunn. Duine air bith a chaidh aige air Eabhra ionnsachadh rachadh aige air cainnt nan eun ionnsachadh na'n togradh e, ach tha tuilleadh is cion na cainnte 'g am chumail bho chaidreabh a bhí agam ri creutairean na coille. Is e an fhìor bhalla-meadhoin a tha seasamh eadarunn an t-eagal a tha aige clann na coille roimh chlann nan daoine; agus ma dh' innsear an fhìrinn is ion daibh eagal is uamhas a bhí orra romhpa, oir tha clann nan daoine air lorg nan ainmhidhean mar a tha Satan air an lorg féin, mar leòmhán beuchdach a' sireadh an slugadh suas.

Air uairean bidh an smuain a' tighinn 'n am inntinn nach 'eil ann ach glòir dhìomhain do mhac an duine uachdranachd a bhí aige thairis air na creutairean uile, oir is e toradh na h-uachdranachd sin nach 'eil cuid no pàirt aige 'n am beatha. Tha mìle saoghal tim-chioll oirnn air a bheil sinn tur aineolach, cho aineolach 's ged nach biodh iad idir dlùth dhuinn. Ann an solus an là cha 'n fhaic mise ach glé bheag de chlann na coille anns a' Choille Bheithe, oir dh' ionnsaich iad o'n aithrichean nach 'eil e sàbhailte dhaibh iad féin a nochdadh anns an latha, an uair a bhios mac an duine air thurus na poite anns a' choille. Ach ged tha i sàmhach is balbh an diugh, tha fhios agam gu robh othail is ùpraid gu leòir innte an raoir; gu robh iomadh rud neònach air a dheanamh innte le creutairean beaga laghach agus le creutairean mòra cuid-eachd nach do rinn riamb am faosaid ri sagairt. Saoilidh na daoine a bha dannsadh ann an Srùthan an raoir nach robh dad eile a b' fhiach ainmeachadh a' dol air aghaidh anns an sgèreachd so ach sin fhéin, ach anns a' Choille Bheithe bha bàl aig clann na coille dhaibh féin, bàl a b' fhearr leam dol thuige na'm faighinn an cothrom na gu bal Srùthain. Ged bu mhaith am fìdhleir Niall Gobha cha chuireadh e spreigeadh ann an sàiltean chloinn-daoine mar a chuireas Pan Mòr ann an casan nan creutairean d'am bi e a' seinn ciùil aig bun craoibhe anns a' Choille Bheithe, agus iad a' dannsadh ris a' ghealach.

Sin aon reusan gu bheil daoine cho

aineolach air clann na coille, nach fhaicear iad anns an latha; ach ged a chitheadh tu iad agus ged a shealladh tu orra anns na sùilean cha b'urrainn duit a thomas ciod a tha dol air aghaidh 'n an eanchainn. A dh' aindeoin gach ealain is innleachd ris am bheil mac an duine suas cha d' fhuair e iuchair fhathast a dh' fhosglaas da na seòmraichean dhomhair a tha ann an cinn bheathaichean is eun is bhéisteagan. Tha e mar gu'm biodh e air sgeir mhara agus iadsan air sgeir eile agus an dòimhne 'g an cuartachadh, gun chomas air tighinn dlùth d'a chéile. Ged a bhí sinn creutairean na coille le ar sùilean, agus is aithne dhuinn an cruth agus an cumadh agus fuaim an gutha, tha trì trianan d'am beatha—am faireachduinnean agus am mothachadh—'n a dhìomhaireachd nach h-urrainn sinn a rannsachadh. Ma tha e fìor nach 'eil fhios aig an dara leth de shluagh na rìoghachd ciamar a tha an leth eile a' tighinn beò, tha e a cheart cho fìor nach eil fhios aig clann daoine ciod a tha dol air aghaidh ann am fìthead rìoghachd a tha làimh riu, rìoghachd nan eun is rìoghachd chreutairean eile air a bheil clann-daoine a' tagar uachdranachd. Bidh sin air uairean a' cur eagal orm; a' cur fuachd is crith ann an smear mo chnàmh a bhí smuaineachadh gu bheil mi 'n am sheasamh ann an teismeadhoin saoghail a tha làn de bheatha nach 'eil fhios agam cò as a tha i, no c'ar son a tha i, no c'àite am bheil i a' dol.

Tha e mòran na's fhasa dhuinn a' cheist a fhreagairt, "Ciod i crìoch àraidh an duine?" na "Ciod i crìoch àraidh daimh?" Theagamh gu'n abair thusa, a leughadair, nach 'eil e idir duilich a ràdh, ciod i crìoch àraidh daimh; gur e crìoch àraidh an daimh a bhí air a mharbhadh agus air itheadh leatsa; gur e crìoch àraidh na seiche aige brògan a dheanamh dhuit; agus crìoch àraidh na h-adhairc aige boesa-snaoisein no còrn-òil a dheanamh dhuit. Ach o nach urrainn an damh a chòraichean a sheasamh ceadaich dhomhsa a ràdh riut gu sìobhalta nach 'eil idir an gnothuch cho soilleir 's a tha thusa ag ràdh. Cha robh an damh riamb air a chunntas am measg nam beathaichean eile 'na bheathach aig a bheil mòran tùir, agus mar sin cha 'n iarrainn airsan labhairt air a shon féin, no argumaid a dheanamh riut air a' cheist so. Ach bu mhaith leam argumaid a chluinntinn air a' cheist eadar a' Chailleach-oidhche agus Socrates, agus na'm biodh i a' faotainn na cuid as mìosa ann an deasbud chuidichinn fhéin leatha an aghaidh a' bhodaich.

Ann an saothair agus ann am pian rugadh an damh le mhàthair, agus bha gaol aice air mar a bha gaol aig do mhàthair féin ortsa. Rè a chùrsa anns an t-saoghal b' aithne dha aceras, is tart, is ionndrainn air comunn a cho-chreutairean; b' aithne dha gaol is fearg

is fuath mar is aithne do chloinn nan daoine, agus air cho maol agus 'g an robh a thuigse agus fhaireachduinn b' aithne dha cò a bha ciùin is coibhneil ris. An sin buailear an tuagh air leis an làmh a bha 'g a bheathachadh, agus ithear e; ach c' àite an deachaidh an gaol a dh' fhairich e? An robh e air òrduchadh leis a' Chruithbhear gu'm fuiling-eadh an damh pian los gu'm biodh brògan ortsa? Na'm b' urrainn an damh bruidhinn nach fhaodadh e a ràdh gu robh fichead dòigh eile anns am faodadh tusa brògan fhaotainn gun a sheiche-san a shanntachadh! Na'm feòraicheadh e dhìot ciod a chòir a tha agad air a bheatha-san a thoirt bhuaith a chum do bheatha féin a chaomhnadh agus a dheanamh comhfhurtachail, nach feumadh tu aideachadh gur h-e an aon chòir a bha agad, gur treasa duine na damh, a' bheist as motha ag itheadh na béist as lugha.

Sin, ann an ceart da-rìreadh, a tha e a' tighinn thuige ach tha cridhe mhic an duine cho cealgach agus tha e cho furasda dha e féin a mhealladh 's gu bheil an ain-tighearnas féin air fhòlach air daoine. Saoilidh iad nach 'eil aca ach a ràdh gu'n tug Dia uachdranachd do'n duine thairis air na creutairean uile, agus gu'm fireanaich sin an làmhachas-làidir a tha iad a' deanamh air clann na coille, 'g am marbhadh a shàsachadh an acrais, no air ghaol iad féin a chluich, no air ghaol ite a chur 'n an aid. Ciod a tha an sin ach a' cheart rud a bhatar a' cur as leth a' Chésair.

Aig an àm so de'n bhliadhna bidh daoine a' deanamh ghuidheachan maithe do chàch a chéile, agus is e an guidhe a tha mise a' deanamh dhuitse, a leughadair, gu'm bualadh Pan Mòr slachdan druidheachd ort agus gu'n tugadh e leis thu air oidhche nan Calluinnean do'n Choille Bheithe a tha air chùl mo thigheasa, agus gu'm measgadh sruth do bheatha agus do mhothachaidh rì sruth na beatha agus a mhothachaidh a tha ann an clann na coille, air chor agus gu'n tuigeadh sibh a chéile. Na'n tachradh sin, tha mise air mo mhealladh mur fosgladh e do shùilean, agus mur h-atharraicheadh tu do bheachd air crìoch àraidh an daimh co dhiu. Coma leam na Prussianach; is e dòigh nam Prussianach nach fhaic iad uair air bith ach aon taobh de'n cheist, an taobh a tha freagairt orra féin. An uair a chuir daoine 'n an creud agus 'n am paidir gu'n tug Dia uachdranachd dhaibh thairis air na creutairean, agus gu bheil sin a' toirt daibh còir am marbhadh agus an itheadh, cha do sheall iad ach air aon taobh de'n cheist. Ach bu mhaith leamsa barail an daimh air a' bhùidsear fhaotainn a mach a cheart cho mhaith ri barail a' bhùidsear air an damh. Bu mhaith leam smuaintean a' choin m'a mhaighstir a chluinntinn

cho mhaith ri smuaintean a' mhaighstir mu' r' chù.

Is rud dìomhair agus mìorbhuileach a tha ann am *beatha*, co dhiu is e beatha an dealain-de no beatha mhic an duine, agus saoilidh mi gur h-ann as an aon tobar a tha beatha a' chruinne-cé uile a' tighinn a mach. Cha 'n urrainn duinne beatha a thabhairt, agus mar sin saoilidh mi nach bu chòir dhuinn a bhì deas gu beatha a thoirt air falbh, eadhon beatha daimh. Ma tha còir no ceartas air ar taobh ann a bhì deanamh sin, is e so a' chòir, gu bheil e ceart do'n bheist làidir a' bheist lag itheadh. Sin an lagh a tha clann na coille a' cumail r'a chéile, agus sin an lagh a tha clann nan daoine a' cumail riu cuideachd, ach tha an lagh sin a' toirt oibheum do'n choguis an uair a ghabhar e eadar duine is duine, agus eadar rìoghachd is rìoghachd.

An àite a bhì mòr agus uasal asam féin a chionn gu bheil uachdranachd agam os cionn éisg na mara, agus os cionn eunlaith nan speur, agus os cionn gach nì beò a ghluaisear air an talamh, is ann a bhios mi a' gabhail nàire dhìom féin agus 'g am fhaireachduinn féin a' fàs beag a h-uile uair a chì mi maigh-each no coinean no coilleach-coille a' teicheadh romhan anns a' Choille Bheithe, is eagal an gonaidh orra gu'm marbh mi iad. Tha sin ag innseadh dhomh gu soilleir nach 'eil annam 'n an sùilean-san ach am Prussianach, gu bheil mi cho an-ìochdumhor ri neas no ri broc no ri balgair. Sin duais na h-uachdranachd a fhuair mi thairis air na creutairean eile, ach air m' onoir tha prìs na h-uachdranachd ro mhòr. B' fheàrr leam a bhì 'n am ìochdaran agus gràdh is caidreabh nan uile chreutairean a mhealtainn ann an sìth, gun fhiamh no eagal eadaruin, seach a bhì 'n am uachdaran agus gun ghaol aig m' ìochdarain orm no earbsa aca asam.

Bha na smuaintean a tha mi nis a' cur sìos air an duilleig so air an dùsgadh 'n am inntinn an diugh 's a' mhaduinn, agus mi 'n am shuidhe air seann ghàrradh aig oir na Coille Bheithe. Cha d' thug mi leam bata no guna, agus cha robh rùn 'n am chridhe cron a dheanamh air creutair beò. Bha dà lach a' snàmh air lòn beag anns a' choille, agus thuirt mi rium fhéin gu'n rachainn na bu dlùithe dhaibh ach am faicinn ciod an seòrsa a bha anna. Ach m'an d' fhuair mi mar dhà cheud slat dhaibh dh' éirich iad is dh' fhalbh iad, agus 'n an éirigh rinn iad goracail nach do thuig mise, ach thuig a' h-uile creutair eile anns a' choille e, agus rinn iad air na tuill. Sin dìlseachd clann na coille d'a chéile: cuiridh iad a' chrois-tara air falbh an uair a chì no chluinneas iad Nimrod. Sin an t-ainm a tha aig clann na coille air Satan, Nimrod.



LEASAN DO PHARANTAN.

Ann an là sin, coimhionadh mi an aghaidh Eli na nithe sin uile a labhair mi mu thimchioll a thighe, o thoiseach gu deireadh.—1. Samuel, iii., 12.

Ann an t-saoghal so chi sinn daoine a tha faotainn dheth na's fhearr na thoill iad, daoine a thoill a' chroich ach nach d' fhuair i. Ach chi sinn daoine eile a tha faotainn na's mìosa na thoill iad, co dhiu cho fhad 's is léir dhuinne, daoine a fhuair am peanasachadh na's motha na thoill iad. B' ann diubh sin Eli. An uair a leughas tu eachdraidh an duine so ann an ceud leabhar Shamuel, cha 'n urrainn duit gun co-fhair-eachduinn a bhì agad ris an t-seann duine bhochd air an d' thàinig trioblaidean cho mòr ann an deireadh a làithean, agus theagamh gu'n saoil thu gu robh Dia na bu truine air na bha e air daoine eile a bu mhiosa na e. Ach cha 'n urrainnear eucoir a chur as leth an Tighearna, agus mar sin, tha an earrann so de Fhacal an Tighearna a' teagasg do phàrantan, *gu bheil mallachd Dhe thairis air a' h-uile teaghlach anns nach 'eil a' chllann air an casg o ole agus o ain-diadhaidh-eachd.*

A mach o'n dòigh anns an do thog e a theaghlach bha Eli 'n a dhuine caomhail, agus 'n a dhuine diadhaidh cuideachd. Bha e 'n a shagart agus 'n a bhreitheamh ann an Israel. agus chomblion e an dà dhreuchd sin gu h-iriosal agus gu treibhdhireach. Tha fichead rud as aithne dhuinn uime a tha chum a chliù. Nach b' uasal agus nach bu chaomhail a labhair e ri Hannah an uair a chunnaic e gu robh e ceàrr ann a bhì saòilsinn gu robh i air mhìsg! Nach b' uasal agus nach bu chaomhail cuideachd a labhair e ri Samuel an uair a chunnaic e gu'n do ghairm Dia an gille! Cha robh a leithid de nì agus farmad 'n a chridhe. An àite gamblas a bhì aige do'n ghille òg a bha gus e féin a chur bhàrr a' chrùn, mar gu'm b' eadh, is ann a chuidich e le Samuel rùintean Dhé a thuigsinn.

Am measg nam fàilingean a tha ag iadhadh mu dhaoine, tha mì an dùil gur e so an fhàiling as cumanta, gu bheil iad deas gu saoihbneas a ghabhail ma chuirear duine eile air thoiseach orra. An goirteachadh as lugha a bheir thu d' am féin-spéis, gabhaidh iad anns an t-sròin e. Neo-ar-thaing nach bì iad geanail dichìollach cho fhad 's a

gheibh iad sgiobaireachd is command, ach ma inholar duine eile no ma chuirear duine eile air thoiseach orra, no mur bheil iad a' faotainn an rud sin ris an abair iad an *còraichean agus an àite*, gabhaidh iad saoihbneas agus tilgidh iad an obair as an laimh. A' h-uile duine aig a bheil ri oibreachadh còmhla r'a cho-chreutairean, is aithne dha an seòrsa dhaoine so, agus tha fhios aige cho duilich 's a tha e a bhi suas riutha. Ach cha robh aon bhoinne de 'n spiorad sin ann an Eli; cha do ghabh e saoihbneas ri Dia no ri Samuel an uair a thàinig facal an Tighearna gu Samuel an àite tighinn thuige féin. Bha e searbh dha gun teagamh a bhì air a chur as an rathad, agus balach fhaicinn air a chur air thoiseach air, ach cha do ghabh e fearg no saoihbneas, agus cha mbò a rinn e gearan.

Fad dhà fhichead bliadhna bha Eli 'n a dhuine mòr am measg mhaithean Israel; cha robh taobh an tionndadh e nach robh daoine a' deanamh am beic dha, oir bha fhacal mar fhacal an rìgh. Cha 'n 'eil e furasda do dhaoine a tha cleachdta ri urram a bhì air a thoirt daibh deanamh as eugmhais, oir ionndrainnidh an cridhe am brosgul mar a dh' ionndrainnicheas a' bhodliug am biadh. Ach ghiùlain Eli e féin gu h-usal agus gu diadhaidh an uair a dh' innseadh dha gu robh e a' dol a chall a dhreuchd agus a ghlòir shaoghalta. "Is e toil an Tighearna ata ann," ars' esan, "deanadh e mar chi e ionchuidh." Cia meud duine a bhios a' leughadh na duilleig so a b' urrainn sin a ràdh o'n cridhe na'n robh iad 'n a àite?

Ach ged nach urrainn duinn gun taobh bhlàth a bhì againn ris an t-seann duine so, agus co-fhaireachduinn a bhì againn ris anns na trioblaidean a thàinig air 'na sheann aois, cha 'n fhaodar a lethsgèul a ghabhail no a chunntas neo-chiontach oir bha e air a dhìteadh le Dia, agus is breitheamh Dia nach toir a mach ach binn cheart.

Bha Eli coltach ri iomadh a h-aon eile; dh' fheuch e ris an staid agus an eaglais a riaghladh, ach rinn e dearmad air a thigh féin a riaghladh. Sin aon de na peacaidhean as trice anns a bheil daoine a' tuiteam an diugh; gabhaidh iad os làimh fichead car a nì e eu-comasach dhaibh sealltuinn as déidh an teaghlaicean mar bu chòir daibh. Tha daoine cho gaolach air an corragan faotainn ann an nithean mòra 's nach 'eil suim aca do na nithean beaga. Tha iad cho driopail a'

ruith gu coinneamhan uime sud is uime so, 's nach 'eil cothrom aca air eòlas a chur air an cloinn féin. Ach saoilidh mi gur e ceud dhleasdanas a' h-uile duine a tha togail teaghlach a thigh a riaghladh gu ceart, agus a chlann a theagasg agus a smachdachadh. Mur bheil e a' deanamh sin cha 'n 'eil ann dha ach an dearg mhiombhadh tòiseachadh air an staid agus air an t-saoghal uile a chur ceart.

Bha clann Eli 'n an cùis-bhruidhne agus 'n an culaidh-nàire ann an Israel; air cheann na cuideachd anus gach baoghaltachd is rantaireachd a bha dol air aghaidh. Bha fhios aig an athair gu maith air an dol-amach a bha aca, ach ma bha, cha do chuir e casg orra; agus mu dheireadh thug an droch chaitheamh-beatha air daoine tarcuais a dheanamh air seirbhis an teampuill agus air tabhartas Iehobhah. Na'n do rinn Eli mar bu chòir da a dheanamh chuir e a mach as an dreuchd agus á coimhthional Israeil iad, ach bu mhòtha a chlaon-bhàigh ri fhuil is fheòil féin na 'eud air son tigh an Tighearna, agus leig a leò dol air an aghaidh. Air a shon so, cha 'n urrainnear a leth-sgeul a ghabhail, oir is còir gu'n cuireadh duine anns a bheil spiorad na sagartachd maith na h-eaglais is aobhar an Tighearna air thoiseach air buannachd a theaghlach.

Ach ged a chaog Eli a shùil ri aingidheachd a chloinne cha do chaog Dia a shùil rithe, oir tha gnùis an Tighearna gu bràth an aghaidh aingidheachd. "Feuch ni mi ann an Israel," arsa Dia, "ni a ni gaoid ann an dà chluais gach neach a chluinneas e: bheir ni breith air a thigh gu bràth, air son na h-aingidheachd air an robh e fiosrach; a chionn gu'n d' thug a mhic mallachd orra féin, agus nach do chaisg esan iad." Bha am bagradh so air a choimhionadh ann an da rìreadh, oir thug Dia thairis Israel do na Philistich; bha Hophni is Phinehas air am marbhadh, agus àire Dhé air a glacadh agus air a thoirt air falbh le sluagh coimheach. Agus a chur an tuilleadh gaoir ann an cluais gach neach a chual an naigheachd bhochd sin, thuit Eli fhéin is bhris e 'ambach.

Dean an t-olc is fan r'a dheireadh; caomh-an t-shlat is mill do mhac,—sin na leasain a tha beatha an duine so a' teagasg duinn. Agus tha sòluimteachd nan leasan sin air a dhùblachadh a chionn gu bheillear 'g an leughadh ann am beatha duine a bha 'na dhuine caomhail is iriosal is diadhaidh. Ged a leanadh tu air Eli a mholadh fad oidhche gheamhraidh gheibheadh tu rud is rud eile a b' urrainn duit a ràdh 'na fhàbhar, ach ged a bha e 'na dhuine maith, *bha aon fhàilg mhòr ann,* agus mhill an

fhailing sin a bheatha. Dhiobhail e féin, agus a theaghlach, agus a dhùthaich oirre, agus rud a bu mhiosa air fad dhiobhail rioghachd Dhé oirre.

ANNS A' CHATHAIR.

B' fheàrr leam gu'n leigeadh daoine an siubhal leis na ceàird, ach feuch an leig! An diugh fhéin fhuair mi litir ag iarraidh orm dol gu coinneamh a tha air a gairm mu na ceàird, ach tha mi an dùil nach téid mi thuice idir. A dh' aon ni, tha an t-astar ro fhada oir tha a' choinneamh ri bhi cruinn ann an Dunéideann, agus tha Dunéideann ceum no dhà as a so. Rud eile dheth, tha e furasda gu leòir dhòmhsa ceàrd fhaicinn, agus bana-cheàrd cuideachd, gun dol a Dhunéideann, oir cha 'n 'eil cion cheàrd oirnn ann an Adholl.

Tha fhios agam gu maith ciod a thachras aig a' choinneamh. Bidh bean a' Chòirneil ann is bean a' Bhancair; an Còirneal fhéin is bean mhòr a' Mharsanta; dhà no trì mhinistearan, Dorcas is Lidia is Ealasaid bheag, Mac Upraid is Mac Uslainn, is feadhainn eile de 'n t-seòrsa sin; *ach cha bhi aon cheàrd ann.* Tha fhios agam gu maith cuideachd ciod a bhios air a ràdh aig a' choinneamh; bidh an Còirneal air son achd Pàrlamaid a dheanamh mu na ceàird agus geallaidh e gu'm bruidhinn e ri Bonar Law agus ri Morair Novar mu'n chùis. Buailidh Ealasaid bheag agus na ministearan am basan an uair a chluinneas iad sin. Bidh Dorcas air son rud-eigin a dheanamh m' an téid an geamhradh seachad, agus earbar rithe-se clòimh a cheannach agus stocainnean fhigheadh do chlann nan ceàrd. An uair a bha Mac Upraid òg bha e air a' pholios, agus abraidh esan nach 'eil dòigh eile air cor nan ceàrd a leasachadh ach iad a bhi air an cìobaireachd leis a' pholios.

Bidh iomadh rud air a ràdh aig a' choinneamh a tha fìor is ceart, agus cha bhiodh i idir air a gairm mur biodh truacantachd ann an cridhe nan daoine ud, ach air a shon sin, b' fheàrr dhaibh an siubhal a leigeil leis na ceàird, agus stad d' an cìobaireachd. Is prìseil an rud saorsa, agus an àite na ceàird a bhi 'n an culaidh-thruais an diugh is ann a tha iad 'n an culaidh-fharmaid, oir is iad an aon daoine aig a bheil iomall beag de shaorsa air fhàgail. Agus cha bu mhaith leam sin a bhi air a thoirt bhuapa.

Tha na ceàird cho sean ris na cnuic, mòran na's sinne na uachdarain an fhearainn

ann an Albainn. Bho chionn mìle bliadhna thatar a' feuchainn r'an cròdhadh ann an tighean agus a' gealltainn daibh oighreachd na'n gabhadh iad orra fein cuing na h-oibre, ach cha toigh leò obair no cuing, agus cha reic iad an saorsa air son oighreachd. Bha rìgh mòr anns an àird an Ear uair-eigin a bha gaolach air ceòl; chual e gu robh treubh de cheàird a bha maith air ceòl agus chuir e fios orra. Thug e dhaibh fearann is tighean; croinn a threabhadh am fearann is siol a chuireadh e, agus cha robh ri bhi orra de mhàl ach gu'n tugadh iad dha ceòl an uair a thogradh e. Ach an uair a thàinig an geamhradh chaidh na ceàird a dh' ionnsaigh an rìgh a dh' innseadh dha nach robh dad aca a dh' itheadh iad. "Gu dé a rinn sibh ris an t-sìol-chur a thug mi dhuibh?" ars' an rìgh. "Dh' ith sinn e anns an earrach." "Agus gu dé a rinn sibh ris na croinn a thig mi dhuibh?" ars' an rìgh. "Lois sinn iad a bhrùich ar bìdh," ars' iadsan. An sin thuit an rìgh riutha, "Chuir sibh seachad an t-earrach agus an sàmhradh mar na dealain-dé, agus cha 'n 'eil agaibh a nis ach a bhì ag itealach mar na dealain-de," agus dh' iarr e an iomain air falbh. Sin mar a thàinig na ceàird as an àird an Ear do'n àird an Iar. Cha 'n 'eil croinn no siol aca an diugh fhathast, ach mur bheil tha saorsa is ceòl aca. Ghléidh iad an dà rud sin, agus cha 'n aithne dhiomhsa dà rud eile as prìseile do spiorad mhic an duine.

Tha mi an dùil gu bheil daoine a' cur tuilleadh 's a chòir de chudthrom air comhfhurtachd a' chuirp anns an là diugh; tha meas aca air comhfhurtachd nach 'eil aca air rudan eile as fheàrr, oir tha iad an dùil gu'n dean comhfhurtachd cuirp daoine sona. Ach cha 'n 'eil rud eile a tha daoine a' miannachadh as lugha a bheir dhaibh de shonas na comhfhurtachd cuirp. Ann an tighean-mòra na dùthcha tha sòlasan an diugh air an tairg-sinn do'n fheòil a chuireadh iongnadh air ar n-aithrichean; tha blàths is gloine is grinneas annta a riarachadh Abdullah Mac na Peucaig fhéin. Tha mìltean de dhaoine ann nach ruig a leas an cas a chur ann am bròig fhuar, no an làmh a chur ann an uisge fuar, mur toilich iad, bho cheann gu ceann de'n bhliadhna; cha ruig iad leas an aodach a chur orra féin no ceum coiseachd a dheanamh mur togair iad, oir tha gille is searbhanta aig gach oisein a thionndas iad, a' feitheamh ach ciod a tha dhìth orra. Tha barrachd de'n t-seòrsa comhfhurtachd sin anns an t-saoghal na bha ann riamh roimhe, ach ma tha, cha 'n 'eil mi an dùil gu'n do mheudaich e sonas. 'Na àite sin is e a thatar a' faicinn, nach 'eil fhios aig

feadhainn de na daoine sin ciod a ni iad riutha féin; am measg na sòghaltachd leis a bheil iad air an cuartachadh tha falamhachd 'n an cridhe, agus their gu leòir dhiubh riut gu robh iad na bu shona an uair a bha iad a' tighinn beò air deich tasdain fhichead 's an t-seachduinn.

Cha 'n 'eil teagamh air bith nach 'eil na ceàird a' fulang cruas is fuachd, agus air uairean acras, ach tha fichead rud ann is mìosa na fuachd no eadhon an t-acras. Is rìoghachd do dhuine a thoil féin, agus b' fheàrr leam fada cian a bhì gun léine m' am chneas seach a bhì fo smachd duine eile, no air mo chiobaireachd le duine eile, ged b'e an duine sin Eoghan mo bhràthair. Ma théid aca air an fhuachd a sheasamh cha 'n abair mise riu gur gòrach dhaibh a bhì tighinn beò ri taobh gàrraidh fo chanabhas an uair a gheibheadh iad tigh air mhàl ann am Baile-chloichridh. Deanadh iad mar tha iad a' faicinn iomchuidh, cho fhad 's nach dean iad cron air duine eile.

Bho chionn beagan sheachduinnean bha mi a' tighinn dachaidh ann am beul na h-oidhche agus an dile uisge ann. Bha an t-uisge cho trom agus gu robh mi duilich air mo shon féin, ged a bha mi tighinn gu dachaidh sheasgar, far an robh blàths is biadh is aodach tioram a' feitheamh orm. Ach bha barrachd truais agam ri ceàird a bha shuas aig na Cluaintean, a' cur seachad na h-oidhche ri taobh uillt, an t-each an ceangal ri craoibh, agus iad féin fo phocannan a bha an crochadh ri slatagan caoil. An la 'r na mhàireach thug mo ghnothuch mi an rathad ceudna, agus chùm mi sùil air camp nan ceàrd ach am faicinn ciamar a chaidh dhaibh. Bha iad ann ochdnar uile gu léir, fear is bean agus seisear chloinne, dithis de'n chloinn 'n an sguinn mhaithe, trìuir dhiubh 'n am pròitsich bheaga, agus leanabh air a' chich. Bha an latha ciùin is blàth, fear de na làithean sin a chithear air uairean an déidh stoirme, mar gu'm biodh aithreachas air na siantan air son fearg a ghabhail an dé. An uair a thàinig mi orra bha an ceàrd mòr a' cur na h-acfhuinn air an each; bha an tigh agus cuid mhaith de'n teaghlach cheana anns a' chairt agus iad air bheul fogail orra gu tuath, ach air an réidhleir far an robh an tigh aca an raoir bha an ceàrd beag (brogach mu chòig bliadhna deug) a' seinn pioba agus dithis d'a pheathraichean a' dannsadh. Sin agad na ceàird; na'm faca bean a' Chòirneil iad an raoir fo'n dile ruadh chuireadh i Mac Upraid as an déidh, agus chuireadh Mac Upraid Ard Chonastabal Pheairt as an déidh, agus air a' cheann mu dheireadh chuireadh iad an

ceàrd mòr anns a' phrìosan air son a bhi toirt ana-cothrom do'n chloinn. Ach fad na h-ùine bha clann a' cheàird cho sona ris na h-eòin agus air cho bheag cùrain; an uair a bha an còrr de chlann na sgìreachd a' miananaich anns an sgoil, agus a' cumtas nam mionaidean gus am biodh e ceithir uairean agus am faigheadh iad mu sgaoil, bha clann a' cheàird a' dannsadh gu cridheil, glé choma ged nach cual iad riamb iomradh air rìghrean Shasuinn no air rìghrean Iudah.

Cha bu mbaith leam gu'n togadh tu ceàrr mi, a leughadair, no gu'n saoilleadh tu gu bheil mise toilichte le dol a mach nan ceàrd, no gu bheil mi ag ràdh gu'm biodh e maith do dhaoine eile an dòigh beatha a tha aca a leantuinn. Cha 'n 'eil idir; ach aig a' cheart àm, b' fheàrr leam na ceàird fhàgail mar a tha iad seach an liubhairt seachad do dhaoine aig a bheil gaol na ciobaireachd 'n an cridhe. Tha dà mhearachd anns a bheil muinntir na ciobaireachd a' tuiteam daonnan, a bhi saoil sinn gu bheil e maith do dhuine a bhi air a chur a dh'obair agus gu bheil e maith dha comhfhurtachd a thoirt d'a fheòil. Mu chomhfhurtachd na feòla cha 'n abair mi ach so, gur coma do dhuine ciod a ghiollachd a gheibh fheòil ma tha lasag bheag de aoibhneas 'n a spiorad.

Ach a fhaobh oibre, cha 'n 'eil mise a' creidsinn an dara leth de na chluinneas no leughas mi a' moladh do dhaoine cuing na h-oibre a ghiùlan mar dhleasdanas. Cha 'n aithne dhomh ach dà aobhar gun deanadh duine obair idir (1) a chumail lòn ris fhéin no ri daoine eile a tha an ceangal ris, (2) a chionn gu bheil e a' faotainn toilinntinn innte. Ach theid ciobairean am bràithrean na's fhaide na sin agus their iad riut gu bheil aobhar eile gu'n deanadh tu obair a thuilleadh air an dà aobhar a dh'ainmich mise, their iad riut gur h-e do *dhleasdanas* a tha ann, agus gur còir dhuit a bhi ag obair co dhiu a dh' fheumas tu no nach feum, no co dhiu a tha e dhuit 'n a thlachd no nach 'eil. Cha 'n 'eil mise a' creidsinn sin idir, agus cha mhò a tha mi a' creidsinn gu bheil am Marsanta fhéin 'n a dhuine cho maith 's a dh' fhaodadh e bhith na 'n do leig a bhean mhòr leis an saoghal a ghabhail na bu réidhe.

Bho chionn ghoirid bha ceàrd ag obair agam air son pàigheadh latha, ach an uair a choisinn e na bha dhìth air 's a chunnaic e iomchuidh e, chuir e a' phìob fo achlais agus a mhàileid air a dhrum agus dh' fhalbh e. Ach c' ar son a gheibhinn, coire dha? Ma bha e freagairt air fhéin, greis a thoirt air obair gus solaradh air son a lòn agus stad de 'n obair a cheart cho luath 's a choisinn

e na dheanadh feum dha, ciod e gnothuch duine eile ris? Ach ged a thug mise saorsa a thoile do 'n duine feumaidh e an aire mhaith a thoirt dha féin, oir tha na ciobairean air a shàil, agus cha stad iad gu bràth gus an toir iad air oibreachadh o mhoch gu dubh, agus a chlann a chur a dh' ionnsachadh mu rìghrean Shasuinn an àite a bhi dannsadh, agus e fhéin fhailleadh uair 's an latha. Ma their e riutha gu bheil e sona gu leòir mar a tha e, agus gu 'm b' fheàrr leis a bhi ann am purgatoir seach leth cheud uair anns an t-seachduinn oibreachadh, no e féin fhailleadh ann an uisge fuar a' h-uile maduinn, their iad ris nach aithne dha ciod a tha maith dha, agus nach bi e ceart gu bràth gus an coisich e air an aon rathad ri u féin gu sonas is toilinntinn.

So a' cheart rud a tha tighinn eadar muinntir Leòdhais agus an duine mòr a thug dha féin an t-ainm rìoghail, Buachaille nan Eileanan. Thàinig am Morair Leverhulme á cearnan far am bheil urram aig daoine do'n uaireadair do eilean far nach feum idir air uaireadair, a chionn gur maith an t-uair-eadair an t-sùil, a' bhru, 's an coileach. Thuirt e riutha, "Tha sibh a' tighiun beò ann an tighinn dubha agus cha 'n 'eil sibh ag oibreachadh ach greis an dràs 's a rithist; cha 'n urrainn duibh a bhi sona gu bràth air an dòigh sin, oir cha 'n fheàrr sibh na na dealain-de. Ach éisdibh riumsa agus ni mi sona sibh; ni mi seilleanan dhibh; leagaidh mi na tighean dubha, agus bidh dachaidh ghlan is ghrinn agaibh uile ann an aon sgeap mhòr is bhriagha; ach seillean air bith nach bi umhail do spàg an uaireadair agus nach h-oibrich gu m' riar-sa cuirear a mach as an sgeap e." Ach b' fheàrr le muinntir Leòdhais a bhi sona 'n an dòigh fhéin agus saorsa a bhi aca anns an tigh dhubh, seach a bhi rìombach anns an tigh gheal agus fo smàig aig spàg an uaireadair. Bho thoiseach an t-saoghail bha còmhstri eadar sliochd Iabail, athair na muinntir a ghabhas còmhnuidh an bùthan agus aig a bheil spréidh, agus sliochd Thubal-cain, fear-deanamh uile innil-gearraidh umha agus iarunn. Sin a' chòmhstri a tha dol air aghaidh an diugh eadar Ciobair nan Eileanan agus na Leòdhasaich.

B' ole an airidh na ceàird a chròdhadh; anns an làithean so anns nach 'eil seachas eile aig duine a thachras ort ach gainne nan tighean, is truimead a' mhàil, is cion na h-oibre, is maith gu bheil cuid-eigin ann air nach 'eil tighean no màl no cìsean no obair a' cur a' churaim as lugha. Gu ma fada, mata, a bhios saorsa aig an cois, ceòl 'n an cridhe, agus dannsadh 'n an easgaidean.



AN SPIORAD NAOMH.

Tha dà thiodhlac shònruichte air an toirt leis an Spiorad Naomh do na daoine anns a bheil e ag oibreachadh, solus is cumhachd; agus is mòr agus is maith na thiodhlacan sin da-rìreadh, oir ciod is prìseile do dhaoine dall na solus nan sùl, agus ciod is prìseile do dhaoine anfhann na neart.

Glé thric tha daoine a' saòilsinn gur e obair shònruichte an spioraid a bhì leigheas chridheachan a tha leònta, agus gur e sin an t-aobhar gu bheil an t-ainm Comhfhurtair air a thoirt da. Ach cha'n e prìomh obair an Spioraid comhfhurtachd a thoirt do chridheachan tùrsach. Gun teagamh tha an Spiorad Naomh a' deanamh sin, ach tha e a' deanamh mòran eile a thuilleadh air sin. Tha e a' toirt faighidhinn is furtachd do luchd a' bhròin, ach tha e a' coimhlionadh ministrealachd as farsuinge na sin. Ma thig e gu daoine lag is brèide le leigheas fo a sgiathan, thig e cuideachd gu daoine làidir a thoirt daibh claidheamh is clogad leis an téid iad a mach a dheanamh còmhraig ris an t-saoghal, ris an fhèid, agus ris an Diabhol. Anns na briathran anns an do labhair Crìosd mu theachd an Spiorad cha b' ann air a chomhfhurtachd a bheireadh e do'n t-saoghal a chuir e cudthrom, ach air an t-soillseachadh-inntinn a thigeadh 'n a lorg, "teagaisgidh esan dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh e an cuimhne dhuibh na h-uile nithe a labhair mise ribh"; "ni e fianuis mu m' thimchioll-sa"; "bheir e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal mu pheacadh, agus mu fhìreantachd, agus mu bhreitheanas." Do dhaoine a tha cheana air an socruchadh air an deisgeannan cha 'ne fois no comhfhurtachd a tha feumail daibh, ach an-fhois is bristeadh a dhùisgeas as an cadal iad, agus a dhearbhas orra am peacadh agus an cionta. Tha feum aig an t-saoghal air comhfhurtachd gun teagamh, ach tha feum as motha aige air solus do shùilean dall, eud diadhaidh do chridheachan meògh-bhlàth, agus eagal breitheanas do choguisean marbh.

Solus. Tha an Spiorad Naomh a' soillseachadh inntinn is coguis an duine anns a bheil e ag oibreachadh, a' nochdadh dha nithean air nach ruig an inntinn nàdurra. Tha iadsan a tha fo theagasg an Spioraid Naomh a' fàs gach latha ann an eòlas spioradail. Cha robh eadhon na h-abstoil ach gu maith fada air an ais ann an tuigse spioradail aig bàs Chrìosd, ach do bhrìgh gu'n do chuir Crìosd an Spiorad thuca, agus gu robh iad air an teagasg leis mheudaich an

tuigse agus an eòlas o bheag gu mòr gus mur dheireadh an do ràinig iad àirde gliocais is spioradalachd a chuir ionghnadh air an t-saoghal. Leth-cheud bliadhna an déidh là na Caingis bha a' chuid a bha beò de na h-abstoil mòran na bu spioradaile 'n an inntinn agus 'n am beachdan na bha iad an uair a bha Crìosd maille riu; fo theagasg an Spioraid fhuair iad greim air nithean a bha fòlaichte orra roimhe sin; threòraich e iad a steach do chridhe na fìrinn agus rinn an fhirinn saor iad. Agus tha an Comhfhurtair a' deanamh an diugh fhathast ann an daoine an ni a rinn e anns na h-abstoil; tha e a' nochdadh dhaibh glòir Chrìosd is rùintean an Athar anns an tomhas anns an urrainn iad gabhail riu, oir is e 'obair-san an sluagh a thagh Dia a thoirt a steach do thir a' gheallaidh, agus an sùilean fhosgladh a chum gu'm faic iad agus gu'n tuig iad maise na h-oighreachd a bhuineas daibh ann an Iosa Crìosd. Iadsan, mata, a chumas iad féin ann an companas an Spioraid Naomh agus nach mùch e, gluaisidh iad anns an t-solus, agus fàsaidh an solus a tha aca na's motha agus na's motha gus am faodar a ràdh nach 'eil dorchadas idir annta.

Imich 's an t-soills'! 's ge doirbh do shlig'.

Suilleir bidh i mar ghrèin:

*Oir Dia, troimh ghràs, ni tàmh 'n ad chrìdh',
An Dia is soills' e féin.*

Cumhachd. Is spiorad cumhachd an Comhfhurtair, a' neartachadh ghealtairan gu bhì 'n an deagh shaighdearan; neach a tha seasamh ri taobh a shluaigh los am misneachadh agus am brosnuchadh anns a' chath. Cha 'n 'eil e ceart duinn a bhì smuaineachadh air mar nach robh ann ach neach a bhios a leigheas leòn na feadhnach a thuiteas, no bhios a' siabadh nan deur air falbh bho aodann na feadhnach nach téid idir air an aghaidh ach a shuidheas gu fann truagh, a' caoidh an cor féin ri aghaidh a' chatha; is gaisgeach treun an Comhfhurtair agus is e a phrìomh obair spiorad na gaisgealachd a chur ann an cridheachan chreidmheach a chum eagal is gealtachd a chur a mach asda, air chor agus nach bi eagal air bith orra ach a mhàin eagal Dhé, "*Gheibh sibh cumhachd.*" Tha eachdraidh na h-eaglais uile gu léir a' dearbhadh gu bheil am facal sin fìor. Roimh là na Caingis chaill na h-abstoil am misneach; theab iad an cùl a thionndadh ris an nàmhaid agus teicheadh; ach an uair a thàinig an gaisgeach ùr so air an ceann—an Comhfhurtair—dh' fhalbh an t-eagal agus

chaidh iad a mach gu neo-sgàthach a shearmonachadh soisgeul na h-aiseirigh, a dh'aindeoin ciod a theireadh na Sadusaich no na sagartan. Cha b'ann 'n an neart féin a rinn iad sin ach tre chumhachd an Spioraid Naoimh. Cha mhò a b'ann le am briathran-san no le an tàlantán-san a bha na mìltean air an iompachadh leò ach le cumhachd an Spioraid. "C'ar son a tha iongantas oirbh," arsa Peadar, "na c'ar son a tha sibh a' geur-amharc oirne mar gu'm b'ann le ar cumhachd no le ar diadhaidheachd féin a thug sinn air an duine coiseachd." Cha b'e cumhachd no diadhaidheachd nan abstol a chuir an eaglais air chois, no a chuir an saoghal bun os cionn anns a' cheud linn ach cumhachd an Spioraid Naoimh. "Shuidhich mise," arsa Pol, "dh' uisgich Apollos, ach is e Dia a thug am fàs." Bu mhaith an searmonaiche Mac Cheyne—searmonaiche a bha air a lìonadh le àileadh cùbhraidh na diadhaidheachd—ach thuirt Mac Cheyne nach b' aithne dha 'n a fhiosrachadh uile aon anam a bha air iompachadh le a bhriathran-san; bha iad uile air an dùsgadh le facal air chor-eigin de 'n Sgrìobtur a thàinig thuca le cumhachd an Spioraid Naoimh.

*Gach subhaile annainn is gach feart,
Gach buaidh 's a chòmhstri dhéin,
Ar n-uile thograidh naomha ceart,
Tha 'teachd naith féin.*

Cha bu chòir duinn, mata, a bhi a' cumhannachadh obair an Spioraid Naoimh, no a bhi saoilinn nach 'eil feum againn air gus an tig là na trioblaid; tha feum againn air gach latha d'ar beatha, co dhiu a tha sinn aoibhneach no tùrsach; tha feum againn air anns a' chogadh naomh. Is ann a dh'ullachadh a shluaigh air son a' chogaidh sin a chuir Crìosd an Spiorad Naomh 'g an ionnsaigh.

DOMHNUL-NAN-IALL.

Ged nach robh mòran de 'n t-saoghal aig Dòmhnul-nan-iall bha e gu maith sicir 'n a dhòigh fhéin. Bha e dìchiollach gun teagamh, ach a chionn nach robh a làmh ro ghrinn, snasmhor, cha robh a thighinn-a-stigh ro mhòr. Chuireadh e breabainean, is sàiltean, is céireanan, air brògan mar nach b'ole; ach duine a bheireadh tomhas a chois dha aon uair cha tugadh e dha e uair eile, air fheabhas agus gu'n dùraichdeadh e Dòmhnul air a chothrom.

Mar a thubhairt mi cha robh tighinn-a-stigh Dhòmhnul mòr. Ged bha a bhean stuama caomhantach, bha e ionnan 's a fairtleachadh oirne iomfhuasgladh a ghleidheadh

dhaibh féin le chéile agus d'an triùir chloinne. Aig a' cheart àm cha 'n fhaodar àicheadh nach biodh fuigheall is fòghnadh aca mur b'e gu'n robh Dòmhnul cho trom air a' phìob agus air an òl. Ach bha e ag obair gu goirt, agus cha b' uilear dha *rud beag* air uairean a chumail spéirid 'n a sheann uilt. B'e sin a bheachd fhéin co-dhiù. Ach bha an *rud beag* a' cost tri tastain 's an t-seachduinn dha, agus cha bu bheag an cuideachadh a dheanamh sin ris a' mhuirichinn.

Bha am pàisde a bu shine aig Dòmhnul—Màireag—mu dheich bliadhna a dh'aois. Bha i 'n a caileig ro lurach, ach bha i riamh anfhann breòite. B'e àilleagan an tighe i, agus cha robh dealachadh a' dol eadar i fhéin 's a h-athair. Rachadh Màireag a h-uile latha do cheann eile an tighe far am biodh e ris a' ghriasaich, a chumail cuideachd ris, agus dheanadh i seachas ris cho seangarra ri seann duine. Air uairean thigeadh greis thinneis oirre, agus shineadh i i fhéin air an ùrlar, ach bu bhuidhe leatha a bhi sealltuinn an aodann a h-athar. Cha bhiodh i toilichte ach an uair a bhiodh i còmhla ris, agus cha b' uallach leis-san 'obair cho fad 's a bhiodh i m'a choinneamh.

Bha mìos is mìos a' dol seachad, is bha Màireag uigh ar n-uigh a' snaidheadh as. Bha a gruaidhean a' dol an taineid 's an glaiseid, agus a casan a' call an lùis. Thàinig oirre mu dheireadh 's nach b'urrainn dhi uiread is dol do cheann eile an tighe gun taic; an sin rinn a h-athair àrd-leaba dhith. Bhiodh i nis 's an leabaidh, greis a' bruidhinn ris is greis ag amharc 'n a aodann. Bha an ùine a' dol seachad mar so, ach a dh'aindeòin a' ghaoil a bha aige air Màireag, agus air a theaghlach uile, cho do leig Dòmhnul dheth an t-òl no an tombaca. Mar sin cha robh annas no àilleas aca, agus ciamar a bhitheadh. Bha tuilleadh 's a b'urrainn i dheanamh aig bean Dhòmhnul buntata is ceaban aodaich fhaighinn do'n teaghlach gun tighinn air annas no àilleas.

Beag no mòr 'g an coisneadh Dòmhnul dh'fheumadh e an aon suim a chur air leth gach Sathurna mu choinneamh an òil agus an tombaca, agus rachadh gach bonn dheth anna. Bha e làn chinnteach 'na bheachd féin nach rachadh aige air 'obair a dheanamh mur faigheadh e an *rud beag*, agus mur faigheadh e toth de 'n phìob an déidh gach tràth bìdh bha e an dùil nach b'fhiach dha a bhi strì ris an t-saoghal. Mar a b'fheàrr na timeannan is ann a bu trice Dòmhnul anns an tigh-òsda, ach an uair a theirgeadh an t-airgid dh'fheumadh e an stuaim a chleachdadh.

Bha Màireag a' sìor shìoladh air falbh.

Cha b' urrainn dhi am buntata a ghabhail, agus an uair a dh' fheuchadh i ris rachadh e 'n a h-aghaidh. Is gann a bha i ag itheadh na chumadh an anail innte. "Mo ghaol beag i," ars' a mathair, là a bha an sin, "cha bhi i beò gun bhìadh, is ann a tha na maoin-eanan boga buntata a' toirt a' chridhe aise; is truagh nach ann agam-sa a bha beagan de na tha na h-uaislean a' cur an dolaidh."

"Tha mallachd a' ruith na bochdainne co-dhiu," arsa Dòmhnall, le gribheig nach bu chleachdadh leis, agus e a' sealltainn air Màireig a' our uaipe a' bhìdh. "Mallachd oirre," ars' esan a rithist, "mo phàisdean beadrach a' dol bàs leis an acras agus an àilleas aig clann nan uaislean."

Leis an t-sùrdan a bha aig Dòmhnall leis a' mhìnidh is leis an èill o mhoch gu dubh, cha robh gnòthuch rìgh no rìoghachd a' cur iomguin air, agus cha deanadh e tarmas air biadh sam bith a chuirteadh air a bheulaobh. Ach bu docha leis Màireag na nì fo'n ghréin, agus thug e snìomh air a chridhe a bhi faicinn mar bha i, agus thòisich e air monmhar an aghaidh a chrannchur. Ach aig an àm cha bu léir dha gu robh dòigh sam bith air a' chùis a leasachadh.

"Nach h-urraim duit dad idir as fhearr na so fhaotainn do Mhàireig," ars' esan r'a mhnaoi. "Cha 'n eil dòigh agam air," ars' ise le h-osna; "air cho saor 's 'g an ceannaich mi, is air cho caomhnanta 'g a bheil mi, is gann gur h-urraim domh an óiginn bhochd so fhéin a chur cruinn."

Dh' éirich Dòmhnall o'n bhòrd agus thug e ceann eile an tighe air. Thuit a chridhe gu tur. Cha do chuir e a' phìob air ghleus, oir theirig an tombaca air, an raoir mar gu'm b' eadh. Bha aon pheighinn a dh' airgiod-odhar aige, agus chuir e roimhe cho luath 's a bhiodh na brògan a bha aige 'n a làimh deas, tombaca a cheannach 's an tigh-òsda, air a dhol seachad a' dol dhachaidh leò. Ach an dràs 's a rithist thigeadh Màireig fo 'aire. Chuir easlaint is uireasbhuidh na cailleige luasgan air 'inntinn. Mu dheireadh bha na brògan ullamh, agus le òtadh na pioba ghreas e dhachaidh leò, ach air an Rathad faicear bùth mhìlseanan agus cuimhnichear air Màireig. "Nach truagh nach b' urraim domh rud dheth so a cheannach," ars' esan ris fhéin, "ach cha ruig an dubh-bhochdainn air annas de'n t-seòrsa so."

Chùm e air is ràinig e an tigh-òsda a cheannach an tombaca, ach aig an doras thàinig e fòidhe—a' cheud uair 'n a bheatha—srìan a chur air 'anamianaibh. Ars' esan ris fhéin. "Gheibheadh a' pheighinn so mìlsean do Mhàireig, ach ciamar a dheanainn feum gun tombaca an diugh agus am

màireach?" Thug e greis an iom-chomhairle mar sin, air an dara làimh a' faicinn iomhaigh Màireig is tuar a' bhàis oirre, agus air an làimh eile 'g a faicinn fhéin gu tromsanach gun toth pioba fad dà latha. Shaoileadh duine na'm biodh fìor ghaol aige air a leanabh nach b' urraim da a bhi an iom-chomhairle mu'n chùis. Bha gaol aige oirre gun teagamh, ach "an car a tha 's an t-seana mhaide is duilich a thoirt as." Duine a nì droch chleachdadh dha féin mar a rinn Dòmhnall, cha mhòr nach 'eil e cho duilich dha ball d'a choluinn a chall ri dealachadh ris.

Bha an sgillinn aige eadar a dhà mheur, is thug e ceum eile a dh'ionnsuidh an tigh-òsda, ach thàinig iomhaigh Màireig eadar e 's an doras, agus stad e. Ged nach robh aige ach an aon pheighinn ri chosd, dh' éirich spàirn nach bu bheag 'n a inntinn. Bha gaol Màireig 'g a theumadh air an dara làimh is gaol an tombaca air an làimh eile. Na 'n robh dà pheighinn aige cha bhiodh an deuchainn cho cruaidh, oir cheannaicheadh e mìlsean leis an dara té, is tombaca leis an té eile. Ach cha robh, agus cha robh dòigh aige air a' chùis ach e féin a bhi gun tombaca, no Màireig a bhi gun mhìlsean. Gun a' chùis a shocruchadh aig an àm, thuirt e ris fhéin, "Chi mi an uair a thilleas mi air m' ais, agus togar air dhachaidh leis na brògan.

As a' Ghàidheal.

SOISGEULAICHE GAIDHEALACH.

An là roimhe, is mi dol troimh mo leabh-raichean, thàinig mi thairis air an litir so a bha air a sgrìobhadh anns a' bhliadhna 1869, le Gilleasbuig Mac Fhearchair a bha 'n a mhinistear ann an eilean Thiriodh m'an do rugadh mi. B'e Mac Fhearchar fear de na ceud fheadhainn a sheas suas gu làidir air taobh na Gàidhlig, agus sgrìobh e an litir a leanas gu paipear-naigheachd ann am Peairt.

"Duine air bith d' an aithne Gàidhealtachd Pheairt, o chionn fichead no dà fhichead bliadhna, tha e furasda gu leòir dha faicinn gu bheil a' Ghàidhlig a' call a h-àite. Agus ma théid chisean air an aghaidh mar tha iad a' deanamb, ann an trì fichead bliadhna cha bhi facal Gàidhlig air a bruidhinn ann am Peairt.

"A bheil so ceart? Feòraicheadh na daoine a tha sealltainn as déidh nan sgoilean d' an coguis a bheil e ceart daibh a bhi teagasg Laidionn do'n chloinn agus nach aithne dhaibh am Bìobull a leughadh 'n an cainnt fhéin. A bheil sin Crìosdail? Cìod a shaoileadh an Slànuighear na'n robh e a

làthair aig ceasnachadh sgoile anns a' Ghàidhealtachd agus na 'm faiceadh e gu robh fichead rud eile air a theagasg do 'n chloinn ach nach robh e idir air a theagasg daibh, eachdraidh a bheatha a leughadh ann an cainnt am màthar?

"Na 'n robh na daoine a tha sealltuinn as déidh nan sgoilean fo bhuaidh an t-soisgeil ann an da-rìreadh, shaoilinn gu 'm biodh iarrtus aca air an t-soisgeul a thoirt do 'n chloinn 'n an cainnt féin, oir tha cumhachd mòr is iongantach anns a' Ghàidhlig gus anam an duine a bheathachadh, cumhachd nach gabh tuigsinn le daoine do nach h-urrainn a bruidhinn.

"Tha e duilich leam fhaicinn gu bheil cuid de na ministearan Gàidhealach an aghaidh na Gàidhlig, agus gu 'm b' fheàrr leò, gu 'm faigheadh i bàs gu luath. Cha 'n 'eil iad 'g a cleachdadh 'n an teaghlachan féin, agus cha bhì iad 'g a bruidhinn ach glé annamh ri muinntir na sgìreachd, agus mar sin tha an Gàidhlig féin a' fàs mabach is cha 'n 'eil e furasda dhaibh searmonachadh innte. Neor-thaing nach gabh iad cùram gus an searmon Beurla a dheanamh grinn snasmhor, ach cha 'n 'eil an cridhe no an inntinn anns an t-searmon Ghàidhlig. B' fheàrr leò gu 'n greasadh am maighstir-sgoile air a' bhuillebhàis a thoirt i.

"O chionn trì fichead bliadhna cha robh ministear anns a' Ghaidhealtachd a bu chomasaiche air searmonachadh na 'n t-Ollamb Alasdair Stiùbhard anns a' Mhaoghlinn, ach bha fada barrachd buaidh aige air a luchd-èisdeachd ann an Gàidhlig na bha aige ann am Beurla. Ann am beul an Stiùbhardaich bha a' Ghàidhlig mar gu 'm biodh claidheamh geur ann an làimh saighdir, agus thilg e sìos leatha dàingnichean Shatain. A thaobh nan Gàidheal sin a tha coma ged gheibheadh a' Ghàidhlig bàs cha 'n 'eil fhios agam ciod a their mi no shaoileas mi m' an timchioll; cha 'n iasg iad agus cha 'n fheòil iad; cha 'n 'eil fhios agam co dhiù is Gàidheil no Goill iad."

Cha chuala mise riamh an t-Urramach Gillesbuig Mac Fhearchair a' searmonachadh, ach a réir beul-aithris mo dhùthcha bha Gàidhlig bhlasda aige féin, agus b' fheàrr leis a bhì 'g a bruidhinn seach a bhì bruidhinn na Beurla. Bha e anabarrach gaolach air ceòl, agus le comhairle shuidhichte theagaisg e an soisgeul le bhì 'g a sheinn. Ged tha meas mòr agam-sa air cuimhne Mhic Fhearchair, oir rinn e obair mhòr is bheannaichte ann an eilean Thiriodh, cha 'n urrainn mi a ràdh le firinn gu 'm bu bhàrd maith e. Ach ged nach mair na laoidhean a rinn e, bha iad feumail aig an àm gus aire dhaoine a tharruing ris na firinnean mòra a bha e a' teagasg. An uair

a chaidh e do Thiriodh bha mòran de na daoine nach robh a' dol do 'n eaglais idir, ach an uair a chaidh fuaim a mach gu robh am ministear a' seinn laoidhean agus ag iarraidh air a' choimhthional am fonn a thogail leis, thòisich daoine air dol a mach do 'n eaglais nach fhacas riamh roimhe innte, agus feadhainn a chaidh a mhagadh dh' fhan iad a dh' ùrnuigh.

Chuir Mac Fhearchair na laoidhean a rinn e ri fuinn aotrum iollagach, agus tha cuid dhiùbh cho aotrum 's nach 'eil iad idir freagarraich a bhì air an seinn ann an tigh an Tighearna. An uair a chluinneas tu coimhthional a' seinn laoidh air seisd, "Ho, mo Mhàiri laghach," agus a' bualadh an cas a cumail tim ris a' cheol, cha 'n e là na caingis a chuireas e 'n ad chuimhne ach oidheche Nollaig.

So cuid de na fuinn ris an do chuir Mac Fhearchair na laoidhean a rinn e:—

"Gabhaidh sinn an rathad mòr."

"Bodaich nam brigisean."

"Ho, gur toil leam, Hé gur toil leam,
Ho, gur toil leam fhéin mo Mhàiri."

"Tha cota-bàn, tha cota-bàn,
Tha cota-bàn air Fionnladh."

"Calum crùbach anns a' ghleann."

Ach ged tha mise an dùil nach 'eil e freagarraich bàrdachd shòluimte a chur ri fuinn aotrum, dh' fhaodadh Mac Fhearchair a ràdh gu robh Luther air a thaobh-san, oir thuirte Luther *nach bu chòir do 'n eaglais na fuinn a b' fheàrr fhàgail aig Satan*. Ach co dhiù, b'e a' chrioch àraidh a bha aig Mac Fhearchair anns an t-sealladh, anns na laoidhean a rinn agus a sheinn e, ainm an t-Slànuigheir a mholadh agus peacaich a thoirt gu Dia. B'e an dà ni air an robh gaol aige, a' Ghàidhlig agus an soisgeul. Bha e 'n a dhuine còir gasda, agus an diugh fhathast their muinntir Thiriodh "fàilte Mhic Fhearchair" ri fàilte chridheil. An uair a bheireadh e air làimh orra dh' fhàisgeadh e iad cho teann 's nach mòr nach tugadh e air an fhuil sgur 'n am meuran. Chuir Mac Fhearchair a mach deannan leabhraichean ann an Gàidhlig, ach is e òrain no laoidhean a tha anns a' chuid as motha dhiùbh. B'e am fear mu dheireadh a chuir e a mach, "Earail is Rannan air son na Gàidhlig a bhì air a teagasg 'n ar Sgoilean." le *Gàidheal Crìosdail*."

Dùisgibh, dùisgibh, luchd mo ràin

Is cuiribh gluinn gu làidir,

Air uile sgoilirean na h-uail!

A chumadh uaibh 'ur cànan;

Sibh mur èirich gu ro-dheas,

Dhuibh gun cheist is nàir e;

Mac Tall' nan creag le fanoid 's sgeig

Their raibh am feasd na tràillean.



NA GAIRDEANAN SIORRUIDH.

“*Is e an Dia bith-bhuan d’ àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh.*”—Deuteronomi, xxxiii., 27.

Ann am fear d’ a leabhraichean tha an t-Urramach Tearlach Spurgeon ag innsadh mar a fhuair e misneach is fois cridhe o fhacal Dhé an uair a bha e ann an diobhail misnich. “Anns a’ bhliadhna 1854.” tha e ag radh, “mu’n gann a bha mi bliadhna ann an Lunn-inn thòisich am fiabhras-dubh anns a’ cheàrn de’n bhaile anns an robh mi ag obair. Bha teaghlach an déidh teaghlach a’ tuiteam sios leis, agus is gann a bha latha dol seachad nach robh mi a’ our cuideigin fo ’n fhòid. Bha mo chridhe goirt agus mo bhodhig sgèth, agus mu dheireadh thòisich eagal air mo bhualadh gu robh an galair uamhasach a’ deanamh greim orm féin. Feasgar a bha mi a’ tilleadh dhachaidh o thìodhlacadh, agus mo chridhe trom. faicear paipear air a chròchadh ann an uinneig greusaiche air an t-sràid. Thug mi suil air a’ phaipeir anns an dol seachad, agus ciod a bha sgrìobhte air ach na briathran so, ‘*Is e an Dia bith-bhuan d’ àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh.*’ A chionn gu’n d’ rinn thu an *Ti as àirde* ’na ionad-còmhnuidh dhuit cha’n èirich olc air bith dhuit, agus cha tig plàigh am fagus do d’ bhùth.’ Thug mo chridhe plogadh as agus ghreimich na briathran air m’ inntinn mar nach gabh e innsadh dhomh. Ann an làn-dearbhadh creidimh ghabh mi ris a’ ghealladh phriseil, agus le chridhe foisneachail is neart ùr lean mi orm am measg luchd an fhiabhruis, oir bha mi nis a’ faireachduinn gu robh mi crioslaichte le neo-bhàsmhorachd.”

Dhearbh Mghr. Spurgeon ’na fhiosrachadh féin gur fìor facal an t-salmadair a thubhairt, “Bheir fosgladh do bhriathar solus” (*Salm cxix. 130*). Tha facal Dhé beò agus éifeachdach; bheir e cha’n e mhàin solus ach mar an ceudna neart agus misneach agus dòchas dhaibhsan a ghabhas ris. Smuainicheamaid, ma ta, air an fhacal so, an dòchas gu’m faigh sinn ni-eigin ann a bhios dhuinn mar acair do ar n-anam.

Tha na briathran air am faotainn anns a’ bheannachadh leis an do bheannaich Maois, an duine le Dia, clann Israeil roimh a bhàs. Fad iomadh bliadhna bha Maois ’na athair do chloinn Israeil, ’na lorg agus ’na bhata dhaibh a là agus a dh’ oidheche. B’ esan caraid a bu dilse agus a bu dlùithe a bha aca air

thalamh, agus is ann ris a bha iad a’ sealltuinn anns gach deuchainn. Cho fhad agus a bha e air an ceann bha fhios aca nach robh eagal daibh, oir gheibheadh a ghliocas agus a chomhairle rathad air am fuasgladh as gach teinn. Ach a nis, an uair a bha e air bheul am fàgail, bhuaill eagal iad, oir cha bu léir dhaibh ciamar a rachadh iad air an aghaidh as eugmhais. Sin an suidheachadh anns an do labhair Maois na briathran so. Chuir e ’nan cuimhne nach bu chòir dhaibh a bhi ann an diobhail misnich, oir ged a bha esan ’gam fàgail, bha gairdeanan fòdhpà a bu chumhachdaiche agus a bu chaomhaile na ghàirdeana-san, agus bha iad fo chùram agus fo ghleidheadh an Ard-Bhuachaille air nach tuit eò cadail no suain. “*Is e an Dia bith-bhuan d’ àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh.*”

Is fhada bho chéile tìr ar dùthcha-ne agus tìr Israeil, agus is mòr an t-atharrachadh a thàinig air an t-saoghal o làithean Mhaois, ach tha an gealladh so cho prìseil dhuinne an diugh ’s a bha e dhaibhsan an dé. Ma bha feum aig a’ chinne-daonna air Dia ann an làithean an leanabais tha a’ cheart fheum aca air fhathast, agus theagamh feum na’s motha. Ged a tha daoine an diugh ’nan oighreachan air ealain ùr is eòlas ùr nach robh aig an aithrichean, agus ged a thug na nithean sin atharrachadh air am beatha o’n taobh a muigh, gidheadh tha cridhe mhic an duine gun atharrachadh gun sgàile tionndaidh, leònta le peacadh is eagal is bròn na beatha so mar bha e riamh, agus a’ miannachadh a bhi air a threòrachadh gu carraig as àirde na e féin. Mar is motha a chnuasaicheas agus a mheòmhraicheas e air crìch àraidh a bheatha, agus mar is soilleire a chì e anfhannachd féin ri aghaidh fheartan diomhair is chumhachdan nach ’eil comas sam bith aige thairis orra, is ann is motha a dh’fhairicheas e am feum a tha aige air Dia, agus a dh’ aidicheas e gur e an sgeul as mìlse a b’ urrainn da a chluinntinn, gu bheil an Dia bith-bhuan ’na ionad-còmhnuidh dha agus gu bheil na gairdeanan siorruidh fodha ’na dhòl a mach is ’na theachd a steach. Bidh daoine a’ feuchainn ri ni-eigin fhaotainn a chuireas iad ann an àite Dhé, ni-eigin a shàsuicheas ionndrainn is feum an anama, ach sin iarraidh air nach robh riamh àgh. Obair, is airgiod, is càirdeas, is toilinntinn, is gràdh mnatha is cloinne—tha na nithean sin uile maith agus ionmhiannaichte ’nan àite fein, agus ann an tomhas lìonaidh agus riaraidhidh iad cridhe mhic an duine, ach thig an t-àm anns

an abair e riu mar thuirt Iob ri chàirdean, "Is luchd-comhfhurtachd truagh sibh uile." An uair a tha cudthrom an t-saoghail so agus nithean nach tuig e ach ann am pàirt a' luidhe air an anam, an sin le claonadh nàdurra tha e ag iarraidh fàsagaidh ann an dòchas agus ann an comhfhurtachdan na diadhaidheachd. Agus is e Dia toiseach agus deireadh na diadhaidheachd. Mar a ruith-eas an abhainn do 'n chuan as an d' thàinig i, mar sin tha anam an duine a' gluasad an còmh-dhail Dhé, tobar a bheatha agus a neirt. As na dòimhneachdan éighidh e ris.

Is e crìoch àraidh na h-eaglais agus uile mheadhonan an t-soisgeil anam an duine a tharruing gu Dia, chum fàsagadh is fois fhaotainn ann. Cha 'n e an eaglais féin, no am Biobull, no na sàcramaidean, tearmunn an anama; cha 'n 'eil annta-san ach lorgan is comharran a tha trèorachadh dhaoine gu Dia, an tearmunn fìor agus làidir. B' e a' chrìoch cheudna a bha aig Crìosd ann an làithean fheòla. Thàinig e do 'n t-saoghal chum an t-Athair a nochdadh do dhaoine, agus dh' fhaodadh suim an teagaisg a thug e seachad mu thimchioll an Athar a bhi air a chur anns na ceart bhriathran anns an do chuir Maois e, "Is e an Dia bith-bhuan d' àite còmhnuidh, agus fodha tha na gàirdean-an sìorruidh." Le bhilean agus gu sòn-ruichte le earbsa féin ann an Dia sheulaich e an fhìrinn sin air cridheachan nan deiseiobul. Theagaisg e dhaibh le bhriathran agus le chol-uar nach bu neach Dia nach robh a' gabhail suim do na creutairean a dhealbh e, ach gu robh a chùram 's a dhìon thairis orra a ghnàth, agus gu robh eadhon fuilteanan an cinn air an àireamh leis. Faodar, ma ta, gabhail ri sgeul aoibhneach agus chomhfhurtachdail nam briathran so, cha 'n ann a mhàin air ùghdarras Mhaois ach air ùghdarras as àirde, ùghdarras Mhic Dhé. An t-Athair a nochd esan do 'n t-saoghal is Athair caomhail agus làidir e, tearmunn agus neart a shluaigh, comasach air an dìon agus an gleidheadh.

Is airidh Dia air an earbsa as motha a chuireas sinn ann. Feòraich de na linntean a dh' fhalbh, an do chuireadh riamh gu nàire neach a dh' earb as? Tha mìle aobhar againn gun earbsa a chur annainn féin ach cha 'n 'eil aobhar idir againn gun earbsa a chur ann an Dia. Tha sinne luaineach ach tha esan seasmhach; tha sinne lag ach tha esan làidir; agus ma thilgeas sinn ar n-eallach air an uair a tha ar n-eallach trom bheir e dhuinn an còmh-nadh a gheall e. Tha an t-as-creideamh ag iadhadh gu furasda eadhon mu dhaoine diadhaidh, agus air uairean bidh iad an dùil gu 'n do dhìchuimhnich Dia iad agus gu 'n d' atharraich a chridhe d' an taobh.

An uair a tha cùisean a' dol leò agus a tha gach ni a réir am miann tha faireachduinn aca gu bheil maitheas agus tròcair Dhé 'g an leantuinn agus gu bheil a ghàirdeanan fòdhpá; ach an uair a tha cùisean a' dol 'n an aghaidh agus a tha cùrsa an fhreasdail dorcha is searbh 'n am beatha, ann an droch shlàinte, no ann an àm bròin, tha an creid-eamh agus an earbsa ann an Dia a' fann-achadh agus their iad riu féin gu 'n do dhìchuimhnich e iad. Ach cha do dhìchuimhnich Dia riamh a shluaigh; faodaidh eadhon màthair a leanabh cìche a dhìchuimhneachadh agus gun truas a ghabhail dha, ach cha dhìchuimhnich Dia a shluaigh, oir ghearr e iad air deàrnan a làmh. Anns an latha dhona cho cinnteach ris an latha mhaith, ann an call, no bròn, no bristeadh-dùil, tha a ghràdh 's a chaoimhneas thairis orra cho seasmhach ris a ghréin agus na reultan; agus ma tha iad air am folach bhupa is e na neòil dhubha a tha 'n an cridhe féin is coireach dha sin agus cha 'n e Dia. Faodaidh caochladh tighinn air ar creideamh-ne agus air ar faireachduinnean, ach cha tig caochladh gu bràth air gradh Dhé no air a smuaintean caoimhneil d'ar taobh. "Ged dh'atharraicheadh na beanntan, agus a ghluaisear na cruic; cha 'n atharraichear mo chaoimhneas-gràidh bhuaitse, agus cha ghluaisear coimh-cheangal mo shìth, deir Iehobhah." Cìod air bith ar cor anns an t-saoghal so cha 'n éirich ole air bith dhuinn ma tha ar cridhe agus ar dòchas air an socruchadh air Dia; ma dh' iarras sinne a rìoghachd-san agus fhireantachd bìdh na gàirdeanan sìorruidh timchioll oirnn. Cha tuit sinn as a làmban-san, agus ann an làmban Dhé cha 'n fhaigh sinn ach maith ged a dh' fhaodas am maith sin tighinn thugainn air mhodh iongantach agus ann an cruth nach toigh leinn.

MUCAN NAN GERASENACH.

Chuala mi iomadh searmon mu na mucan a bha air am bàthadh no air an tacadh, ach cha chuala mi riamh searmon umpa nach d' fhàg an gnothuch na bu mhiosa na tha na soisgeulan féin 'g a fhàgail. Saoilidh mi nach h-urrainn duine air bith an naigheachd so a leughadh gun fhaicinn gu'n deachaidh amladh air chore-eigin innte anns an innseadh. Cha mhòr dhaoine as urrainn naigheachd innseadh gun char beag a chur innte, agus tha e glé shoilleir gu'n deachaidh car ceàrr a chur ann an pàirt de'n naigheachd so, cò air bith a chuir innte an toiseach e. Tha dreach na fìrinn air cuid de'n naigheachd, ach tha e duilich a chreidsinn gur e Crìosd a

bu choireach gu'n deachaidh na mucan a bhàthadh. Cha 'n' eil teagamh nach rachadh aige air deamhain a chur ann am mucan cho mhaith 's a rachadh aige air an cur a mach á daoine, agus na'm bu leis fhéin na mucan dh' fhaodadh e a thoil a dheanadh riù. *Ach cha bu leis féin na mucan idir*; bhuinteadh iad do dhuine eile, agus ma thachair an rud mar a tha an naigheachd air a h-innseadh, dh' fhuiling an duine sin call. Cha 'n' eil fhios agam-sa ciod a b' fhiach muc anns na làithean ud, ach co dhìu b' fhiach da mhile muc suim mhaith airgid (eadhon ged bhiodh iad cho caol ris a' mhuic a bha aig Calum), agus saoilidh mi nach tugadh Criosd lom-sgrìos air duine air bith 'na cheart deòin. Tha a' chuid so de'n naigheachd a' toirt oibheum do'n choguis nàdurra, oir tha e duilich a chreidsinn gu'n do rinn Criosd cron air duine eile riamh no rud nach robh ceart.

Ach a dh' innseadh gu'n deachaidh amladh a chur anns an naigheachd ann an seachas is ann am beul-aithris nan abstol, so mar a tha fear de na bha a làthair an là ud ag innseadh mu'n rud a thachair, fear a bha 'n a chompanach aig Criosd agus a chùim cuimhne air iomadh rud a dh'ichuimhich càch.

"Tha e furasda gu leòir a thuigsinn ciamar a chaidh Marcus ceàrr anns an naigheachd, oir cha robh ann ach balach aig an àm, agus b' ann o Pheadar a fhuair e fios air na nith-ean a sgrìobh e. Bha Peadar ann gun teagamh, ach bha e 'n a fhuil agus 'n a fhallus a' tarruing nan geòlachan, agus cha d' thug e an aire ciod a bha tachairt gus an cual e daoine a' glaodhaich agus am faca e na mucan a' dol sìos an conneamh an cinn do'n fhairge. Cha'n fhaca e an duine a bha air a' chuthach gus an robh na mucan air am bàthadh. Ach chual e na deisciobuil eile a' bruidhinn mu'n rud a thachair. B'e sin dòigh Pheadair daonnan; chreideadh e a h-uile rud a chluinn-eadh e gun fheòraich dheth féin co dhìu a bha coslas na firinn air no nach robh. Ma bu toigh le Peadar an duine a bha bruidhinn ris chreideadh e rud air bith a theireadh e ris, ach cha chreideadh e aon fhacal a thig-eadh á beul nam Pharasach, a chionn nach bu toigh leis iad. Bha Peadar cho cinnteach as fhéin 's nach gabhadh e ùine gus cùisean a rannsachadh mar bu chòir, agus b' e sin an t-aobhar gu robh e uairean a' dol air seachran. Ach air a shon sin bha e 'na dhuine firinneach agus bha cridhe blàth aige.

Ach tha Peadar is Marcus is càch uile a nis marbh, agus faodaidh mise an naigheachd innseadh as ùr facal air an fhacal mar a thachair.

Bha an là a' briseadh an uair a ràinig sinn tìr, agus lean mise Iosa suas o'n chladach. Dh' fhan Peadar agus na h-iasgairan eile a

tharruing nan geòlachan, agus leig a' chuid mhòr d'en t-sluagh a thàinig leinn 'n an sineadh air an fheur 'n an cadal. An uair a dh'irich sinn os cionn an rudha bu léir domh anns a' ghlòmanaich treud mhuc ag ional-tradh. A réir choslais bha an t-acras orra oir bha iad a' gearradh roimh chéile an uair a chitheadh iad tom maith feòir, agus a leithid de ghnòthail agus de sgreuchail agus de thapaid 's a bha na creutairean grannda a' deanamh cha chuala tusa riamh.

Sheas Iosa greis bheag a' sealltuinn orra gu dùr, agus fiamh gàire air 'aodann. Feumaidh e bhith gu'm bu léir da an smuain a bha 'n am chridhe-sa, oir thionndaidh e gu grad agus thuir e rium, "Cha 'n' eil iad nèoghlan; c' ar son a theireamaid gu bheil, nach e làmh Dhé a rinn iad!"

Anns a' mhionaid sin fhéin thàinig duine air ar cùlaobh agus thubhairt e ri Iosa, "A Mhaighstir, cha 'n' eil e sàbhailte dhuit seasamh an so, oir tha daoine anns a bheil deamhain am measg nan àitean-adhlaic."

"Ciamar a tha fhios agad gu bheil deamhain anna?" ars' Iosa.

"Ciod eile," ars' esan, "a bheireadh orra am feòil a reubadh; cha ghabh iad ceann-sachadh leis a' chuthach a tha orra."

"An d' fheuch duine air bith ri ciall a chur orra?" dh' fheòraich Iosa.

"Dh' fheuch, ach ma dh' fheuch, dh' fhairtlich iad orra. Chunnaic mi fhéin aon fhear diubh a' briseadh na slabhraidh leis an do cheangladh e mar gu'm briseadh tu gas feòir, agus theich e do'n fhasach is cobhanach mu bheil mar gu'm biodh eù. Cha leig an t-eagal le daoine dol seachad air an àite far am bheil e."

"An d' fheuch sibh dòigh sam bith eile air a chiallachadh ach le slabhraidh?" ars' Iosa ris.

"Cha d' fheuch," ars' an duine, "ciod an dòigh eile a b' urrainn duinn fheuchainn?"

"Tha dòigh eile ann," ars' Iosa, "dòigh m' Athar-sa. Rachamaid agus feuchamaid an dòigh sin air an fhear a tha anns an àite-adhlaic so."

An uair a chual an duine ris an robh e a' bruidhinn so, dh' fhàs e bànn anns an aodann agus chaidh e air chrith, oir ghabh e an t-eagal. Chaidh e ceum air ais mar gu'm biodh e air son teicheadh. An uair a chunnaic mise so, thuir mi ri Iosa, "Theid mise gu toileach maille riut ma ghabhas tu mi." A réir choslais chuir so sprachd ann an càch, oir an ceann tachdain bhig thòisich iad air ar leantail.

Cho luath 's a ràinig sinn an t-àite faicear aogasg uamhasach duine a' ruith 'g ar n-ionnsuidh, a' rànaich mar g'um biodh beathach, agus dà chloich gheur aige 'n a làimh leis

an robh e a' gearradh fheòla. Bha a' bhodhig rùisgte dearg le fuil. Chuir coslas an duine eagal air an fheadhainn a lean sinn, agus theich iad cho luath 's a bheireadh an casan air falbh iad. Ach sheas Iosa a làrach gun fhiamh gun eagal. Bha mise 'g am fhaotainn fhéin deas gus seasamh eadar Iosa agus an duine euthaichte, oir bha eagal orm gu'n leumadh air muin Iosa, ach cha ruiginn a leas. Thilg an duine na clachan as a làmh-an; chrom e e féin ris an làr agus le guth a ràinig mo chridhe thuir e ri Iosa, "O! na h-abair gu'n tàinig tu 'g am phianadh na 's mò, a Mhìc an Tì as àirde!"

"Cìod is ainm dhuit," thuir Iosa ris.

"Is e *Legion* m' ainm," ars' esan. "oir tha mòran annam."

"Car son ata thu ag ràdh gu bheil deamhain annad?" fhreagair Iosa.

"Cha 'n e mise a thubhairt e," ars' an duine, "ach thuir an fheadhainn a cheangail mi le slabhraidhean, agus a phian mi, gu robh deamhain annam. Agus pianaidh iad mi a ris na gheibh iad greim orm."

"Cha 'n éirich beud dhuit," ars' Iosa ris, "na biodh eagal idir ort; cha ruig thu leas t' aodach a shracadh, no rànaich a dheanamh, no t' fheòil a ghearradh, oir cha bhean duine riut. Creid thusa mi fhéin agus gabh misneach."

"Bha eagal orm romhpa," ars' esan, bha iadsan ann moran agus mise 'n am aonar; an uair a bhrisinn na cuibhrichean leis an robh iad 'g am cheangal bhiodh eagal a bu mhotha orm romhpa, agus cha b' urrainn mi gun bhì a' teicheadh."

"Is e spiorad neòghlan a tha anns an eagal." fhreagair Iosa, "tilg a mach as do chridhe e."

"Tilgidh," ars' an duine gu ciùin.

An sin chuir Iosa mu ghuaillean an duine an cleòca aige fhéin, agus chaidh e leis gu oisean anns an àite-adhlaic gus an fhuil agus an salchar a nigheadh dheth. Fad na h-ùine a bha Iosa a' bruidhinn ris an duine agus a' cur céille air, bha buachailleann nam muc agus grunnan eile de dhaoine 'n an seasamh a' feitheamh agus ag eisdeachd, ach an uair a chaidh Iosa a leth-taobh a nigheadh na fala dheth, chuimhnich na buachailleann air na mucan agus bha iad air bheul tilleadh 'g an ionnsuidh an uair a ghlaoidh duine air choreigin "Seallaibh na mucan, seallaibh na mucan."

Bha na mucan ag ionaltradh air oir nan stallachan air an rudha, agus na'n do leigeadh leò bhiodh iad ceart gu leòir, ach a cheart cho luath 's a chuala daoine an glaoth "Seallaibh na mucan, seallaibh na mucan" chaidh a h-uile duine riamh 'n am breislich agus thòisich iad air glaothaich 's air ruith,

cuid a' deanamh sid is cuid a' deanamh so, cuid a' dol air thoiseach air na mucan is cuid a' dol air an cùl, cuid a' feuchainn r'an coinn-eachadh is cuid a' feuchainn r'an iomain, gus mu dheireadh an deachaidh na mucan bhàrr an sìuil agus an do ghabh an treud uile an galair-teichidh, agus sid siòs na stall-achan iad!

A leithid le chonnsachadh agus de chrìom-chur 's a thòisich an sin cha chuala mise riamh, an dara fear a' cur na coire air an fhear eile, agus iad uile a' trod ri stalcaire a' ruith air an taobh chearr de'n t-sreud agus a' glaothaich *Gius Gius* àird a chinn.

An uair a dh'innis iad do Iosa mar a thach-air do na mucan thuir e riu, "Is e an t-eagal a chuir an euthach orra, a' cheart spiorad neòghlan a bha anns an duine bhochd a bha anns na h-àitean-adhlaic."

Ach cha do thuing na daoine ris an robh e a' bruidhinn cìod a bha e a' ciallachadh. Shaoil iad gu'n d'thubhairt e gu'n deachaidh na deamhain a bha anns an duine a steach anns na mucan. Ach thuing mise glé mhaith nach e sin a bha Iosa a' ciallachadh idir ach gu robh e 'g an cur 'n an earalas nach robh feum san bith ann daibh a bhi smuaintinn gu'n deanadh iad obair Dhé anns an t-saoghal le bhì a' cur eagal air daoine. Cha 'n'eil anns an eagal ach spiorad suarrach is spiorad neòghlan."

Ach ged nach do thuing a' mhor-chuideachd cìod a bha Iosa a' ciallachadh, agus a thog cuid dhiubh ceàrr an rud a thuir e ris na buachaillean mu na mucan, air chor agus gu'n deachaidh an naigheachd air feadh an t-saoghail uile gu'n do chuir e deamhain ann am mucan duine eile, cha do thog Eoin gaolach ceàrr e. Thuing esan cìod a bha ann an inntinn a Mhaighstir, agus cìod iad na deamhain a bha anns an amharc aige an là ud. Co dhìu thainig an smuain sin 'n am inntinn an nochd fhéin an uair a bha mi a' leughadh nam briathran so ann an té d'a litrichean,—*Cha 'n 'eìl eagal ann an gràdh, ach tilgidh gràdh coimhionta a mach eagal, do bhrìgh gu bheil pianadh anns an eagal.*

IS BRAITHREAN SINN UILE.

Tha mo chota-sa molach,
'S tha t' éideadh-sa mìn,
Bidh mise 'g òl misge,
'S bidh tusa 'g òl fion;
Ach cridheachan tairis
Tha againn a ghnàth,
Is bràithrean sinn uile,
Fair dhòmhsa do làmh.



AN DACHAIDH BHUAN.

Ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh.—Eoin, xiv., 2.

Cha deachaidh briathran eile riamh a labhairt no sgrìobhadh a thug uiread comhfhurtachd do uiread dhaoine 's a thug a' chaibideal so de shoisgeul Eoin. Gus am fosglar na leabhraichean aig là a' bhreitheanais, cha 'n fhaighear a mach àireamh nan daoine a fhuair solus is comhfhurtachd innte ann an strì an beatha agus aig uair am bàis. Air uairean an uair a bhios mi a' dol a leughadh do dhaoine tinne bidh mi a' foighneachd dhiubh am bheil earrann air bith ann de'n Bhiobull a bu mhaith leò mi a leughadh; mu choinneamh a h-uile uair a dh' iarras iad caibideal eile iarraidh iad an té so dà uair.

Tha an sgrìobhaiche ainmeil, Seumas M. Barrie, ag innseadh ann am fear d'a leabhraichean gu'm fosgladh Biobull a mhàthar leis fhéin aig a' chaibideil so. Bha gaol aice air a' Bhiobull; b'e a' cheud rud a dheanadh i a h-uile maduinn làmh a thoirt air a' Bhiobull. Bha e cho tric air a glùin 's gu robh na duilleagan a' tuiteam bho chéile, ach chàradh i e gu cùramach mar gu'm b'e a gùn-bainne a bha ann. "Tha Biobull mo mhàthar agam-sa a nis," tha Barrie ag ràdh, "agus tha an snàth dubh linn leis a bheil na duilleagan air am fuaghal ri chéile cho fachail ann am shùilean 's ged b'e pàirt de'n Sgrìobtur a bha anna."

An uair a bha Sir Walter Scott dlùth do'n chrìch, agus a bhodhig air a briseadh le cudthrom nam mifhortan a thàinig air, dh' iarr e aon là air a chliamhain leughadh dha. "Cìod a leughas mi dhuibh," arsa Lockhart ris. "Cha ruig thu a leas sin fhèraich," fhreagair an seann duine, "cha 'n eil ann ach aon leabhar." Leugh Lockhart a' chaibideal so de shoisgeul Eoin dha, agus fad na h-ùine a bha e 'ga leughadh bha Sir Walter ag ràdh os cionn 'analach, mar gu'm biodh e a' bruidhinn ris fhéin. "Is mòr a' chomhfhurtachd sin."

So cuideachd a' chaibideal, a réir mar ata an naigheachd air a h-innseadh, a thòisich a choinhearsnach, Fear an Droma, air a leughadh do'n lighiche chaomh a bha ann an Druimtochtaidh, agus e air leabaidh a bhàis. Ach chuir an dotair stad air an uair a thàinig e a dh' ionnsuidh nam briathran so, "Ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh." "Briathran bòidheach agus briathran beannaichte," ars' esan.

"ach cha 'n ann air son mo leithid-sa a tha an gealladh sin." "Dùin an leabhar agus leig leis fosgladh leis fhéin, agus fosglaidh e aig an àite anns a bheil na briathran a tha freagarrach ormsa." Rinn Fear an Droma sin agus dh' fhosgail am Biobull aig an àite auns a bheil an ùrnuigh so, "A Dhé, dean tròcair orm-sa a tha 'n am pheacach."

Tha an ùrnuigh sin freagarrach oirnn uile; tha i cho freagarrach do na naoimh 's a tha i do na peacaidh, oir cha 'n eil duine air bith againn neo chiontach; cha 'n 'eil fiù a h-aon. Na'n comharraicheadh Dia aon d'ar peacaidhean as a' mhìle cò againn a sheasadh 'n a làthair? Ach tha Dia tròcaireach, agus tha Dià maith; ann am fad-flulangas an Tighearna tha ar n-uile dhòchas.

An uair a labhair Iosa na briathran so bha e féin agus na deisciobuil anns an t-seòmar far an do shuidh iad aig an t-suipeir dheireannaich còmhla. Bha cridhe nan deisciobul fo thrioblaid oir dh' innis e dhaibh nach b' fhada an ùine gus am biodh e air a thoirt air falbh bhuapa. Cha d' thuirt e riu gu robh e ceàrr dhaibh a bhi fo thrioblaid agus ri bròn, ach 'n a àite sin is ann a shoeruich e an inntinn air an aon ni as motha a tha a' toirt a' ghatha as a' bhàs, *dòchas na beatha maireannaich*. "Ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh." Sin a' chomhfhurtachd a thairg e dhaibh ri aghaidh a' bhàis, agus ri aghaidh an dealachaidh a ni am bàs eadar daoine, cinnt a thoirt daibh gu robh dachaidh bhuan a' feitheamh orra ann an nèamh.

Anns na làithean so tha mòran dhaoine air fàs suarrach mu'n t-saoghal eile, a' call an creidimh agus an dòchais anns a' bheatha mhaireannaich, air chor agus gur e an rud mu dheireadh air an smuainich iad, an uair a tha am bàs a' cur dealachaidh eadar iad féin agus an càirdean, gu bheil an là a' tighinn anns an coinnich slugh an Tighearna ann an nèamh. An uair a theid iad do thigh a' bhròin, agus a dh' fheuchas iad ri comhfhurtachd a thoirt do bhean a chaill a fear, no do phìnthair a chaill a bràthair, thig iad thairis air fichead rud a tha iad an dùil a bheir dhaibh aotramachadh cridhe, ach cha tig iad thairis idir air an aon ni as fhiach ainmeachadh mar chomhfhurtachd ri aghaidh a' bhàis, gu bheil creidmich aig uair am bàis air an deanamh foirfe agus a' dol a steach do ghloir.

An uair a chaidh Iosa far an robh Marta agus Muire, an uair a shiubhail Lasarus, b'e

a' cheud fhacal a thubhairt e riu, "Eiridh 'ur bràthair a ris." Sin an aon smuain anns a' bheil a' chomhfhurtachd a mhaireas agus a tha làidir, oir ri aghaidh a' bhàis cha 'n 'eil ach aon ni as fhiach a bhì bruidhinn air, co dhiù a tha e fìor no nach 'eil gu bheil àite-còmhnuidh sìorruidh a' feitheamh oirnn ann an tigh Dhé. B'e sin a' chomhfhurtachd a thairg e do na deisciobuil cuideachd; dh' iarr e orra greim a dheanamh air an smuain, "Ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh."

Tha cho beag de eòlas againn air an t-saoghal eile 's gu bheil seòrsa de uamhunn 'n ar cridheachan an uair a thig a' ghairm thugainn an saoghal so fhàgail, ach tha an t-ainm so a thug an Slànuighear dhuinn a' toirt air falbh mòran de'n uamhunn sin, *tigh m' Athar sa*. Nach 'eil bàigh aig a h-uile duine ri tigh 'athar? Agus nach faod e a bhì cinnteach gu'm faigh e blàths is gràdh ann agus gu'n deanar a bheatha.

Là a thàinig caileag bheag dhachaidh as an sgoil Shàbaid dh' fhoighneachd a màthair dhith ciod a dh' ionnsaich i anns an sgoil an diugh. "Chuala mi," ars ise, "mu dhuine a b' àbhaist a bhì a' gabhail sràid còmhla ri Dia. B'e Enoch an t-ainm a bha air, agus là a bha an sin ghabh iad sràid còmhla na b' fhaide na b' àbhaist dhaibh, a' coiseachd air an aghaidh gus an robh tigh Dhé na bu dlùithe dhaibh na tigh Enoch. Ach thuirt Dia ri Enoch, 'Is fheàrr dhuit tighinn a steach do m' thigh fhéin agus fuireach leam.' Agus rinn Enoch sin," Air uairean tha an gliocas as àirde ann am briathran leanabail nam pàisdean; ged a dh' fhaodas feallsanaich is daoine eagnaigh a dhearbhadh dhuinn nach 'eil dealbh no cumadh no bunait no gàradh-erìche aig nèamh mar àite sònruichte anns a' chruinnece, gidheadh is e so a tha deanamh nèimh ion-mhiannaichte do chridheachan dhaoine, *gur dachaidh bhuan e, tigh m' Athar*.

Tha *iomadh* àite-còmhnuidh ann an tigh Ebe, oir tha rùm ann do na h-uile. Ged a thigeadh an saoghal uile gu suipeir-bhainnse an Uain gheibheadh iad uile am beatha a dheanamh, agus gheibheadh iad uile an sasuchadh. Tha mòran dhaoine ann agus bu mhaith leò a'chuid as motha d' an co-chreutairean a dhùnadh a mach à nèamh; bu mhaith leò nèamh a dheanamh cumbann, na's cuimhne na rinn Dia e. Ach tha farsuingeachd ann an cridhe Dhé mar farsuingeachd a' chuain, agus tha *iomadh* àite-còmhnuidh 'n a thigh. Is beag aig Dia ciod an eaglais d' ann buin thu, no ciod an dùthaich as an d' thàinig tu, no ciod an dath a tha air do chraicinn, no ciod an teanga a

tha thu a' labhairt, oir is esan Cruithfhear agus Athair nan uile, agus anns gach uile chinneach tha na daoine a dh' oibriceas fireantachd taitneach leis. "Agus thubhairt air an seirbhiseach, A Thighearna, rinn-eadh mar a dh' òrduich thu, gidheadh tha àite falamh ann fathast. Agus thubhairt an Tighearna ris an t-seirbhiseach, Gabh a mach gus na rathaidibh mòra, agus co-égnich iad gu teachd a steach, *a chum gu'm bì mo thigh air a lìonadh*." Sin agad cridhe Dhé. Tha e a' sìneadh a mach a làmhnan fad an latha, ag iarraidh air a chloinn eas-umhail tionndadh ris agus tighinn dachaidh.

Chualas iomradh air màthraichean a bhiodh a' deasachadh seòmair air chionn an cloinne oidheche as déidh oidheche fad bhliadhnaich, an dùil gu'n tigeadh iad air an ais á tir chéin a' pheacaidh. An dèichuimh-nich màthair a leanabh? Tha gaol màthar iongantach gu leòir, ach faodaidh eadhon gaol màthar fuarachadh, gidheadh cha 'n fhuaraich gràdh an Tighearna do'n pheacach as miosa a bha riamb ann. Tha e a' cumail an àite deas eadhon do'n chloinn sheachran-aich a chrudhaich an cridhe 'n a aghaidh, an dòchas gu'n tig iad air an ais. "Feuch, chuir mi romhad dorus fosgailte."

Air uairean bu mhaith leinn na'n do labhair Criosd na bu mhionaidhaiche na rinn e mu'n bheatha a tha air taobh thall na h-uagha. "Tha mòran nithe agam fathast ri radh ribh, ach cha 'n urrainn sibh an giùlan an tràth so." Theagamb gur e sin an t-aobhar nach do thog e am brat-sgàile a tha foluch iongantasan is diòmbaireachd an t-saoghail eile bho ar sùilean. Ach nach leòir am facal so fhéin, *Ann an tigh m' Athar-sa tha iomadh àite-còmhnuidh; tha mi dol a dh' ullachadh àite air bhur son, agus thigh mi ris, agus gabhaidh mi sibh a'm' ionnsuidh féin, a chum far am bheil mise gu'm bì sibhse mar an ceudna*.

Do shluagh an Tighearua cha bu chòir eagal air bith a bhì anns a' bhàs, oir is feàrr dhaibh là am bàis na là am breith. Tha caraid caomh a' feitheamh orra air an taobh thall, caraid nach tugadh dhaibh dòchas mur biodh an dochas cinnteach is seasmhach.

Uaibh fògraibh eagal 's iomgain crìdh
's na biodh 'ur dòchas fann;
Earbaidh á freasdal Dé a ghnàth,
's á m' Ghràdh-sa gach aon àm.

Gu àros m' Athar pillidh mi,
ann 's lìonmhor ionad tàimh;
'S is dealrach glòir na rìoghachd sin,
'ga lìonadh air gach làimh.

[The page contains extremely faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the document. The text is arranged in two columns and is too light to transcribe accurately.]

Mur biodh na nithe so mar so,
dhuibh dh'innsinn sin o thùs;
Cha mheallainn sibh le dòchas baoth,
no muinghinn fhaoin mu'n chùis.

Roimhibh théid mise chum, 'nur n-ainm,
gu'n gabhainn sealbh air néamh;
'S gu'n ulluichinn a' m' rioghachd dhuibh
gu siorruidh àite tàimh.

Ach pillidh mi air m'ais a ris,
is bheir mi sibhse leam;
An sin cha dealaich sinn ni 's mò,
's cha bhi sibh brònach trom.

A' bheatha, 'n fhirinn, is an ròd
a threòraicheas gu nèamh,
Is mise sin; 's na leanas mi,
gu sonas bheir mi iad.

LEISG NAN GAIDHEAL.

Am bheil na Gàidheil leisg? Tha iad car coltach ri'n coimhearsnaich ann am bheachd-sa. Cha 'n fhaod mi àicheadh nach fhaca mi Gaidheal leisg, ach c'àite air aghaidh an t-saoghail nach tachair sinn air leisgean? Tha iad anns gach dùthaich de'n Roinn-Eorpa agus eadhon ann an America, ach cha tric a dh-aicicheas neach sam bi gu'm bheil e leisg. Cha b' aithne dhomh ach aon duine a rinn uaill as an leisg agus ged nach robh e gionach air obair, bha e easgaidh gun taing 'nuair bhiodh an obair taitneach. Cha robh e eòlach air litreachas no bàrdachd a dhùthecha ach rinn e greim air aon cheathramh de obair Dhonnacha Bhàin agus bu thrì air a theanga e.

Sgithich mi ri gnìomh ged nach d'rinn mi earras,
Thug mi bòid nach fhiach leam bhi ann am sgalaig,
Sguiridh mi 'gam phianadh, o'n thug mi 'n aire
Gur e'n duine dìomhain as fhaide mhaireas.

Ach is e a thog an cuspair so gu'n d' thàinig ministèir Gallda 'gam fhaicinn. Thug mi sgrìob e do'n eaglais bheag bhòidheach a bha seasamh mar thigh-soluis air carraig taobh na mara. Ged a bha an eaglais glé mhòr agamsa cha robh i ach suarach ann an sùilean mo charaid. Cha b' fheàrr na h-iasgair a bha 'g am blianadh fhéin ris a' ghrèin am measg nan lion 's nan croinn-thiormachaidh os cionn a' chladaich. Daoine mòra treuna gun teagamh, ach cha'n fhaca e riamh daoine cho leisg. Bha amharus aige nach gluaiseadh iad ann an cabhaig ged

chluinnteadh fuaim na trompaid aig Michael féin. Nach bu leòir comharradh na leisg gu'n robh aodach trìuir air gach fear dhiùbh! Bha am ministèir Gallda deas-bhriathrach agus thuig mi ann an deasboireachd nach deanainn drùghadh air. Ghabh mi seòl eile air. Fhuair mi cuireadh o sgioba sgotha dol gu muir leò. Cha luaithe a bha cas nan iasgair aig air sàile na dh' fhag iad an leisg as an déidh. Gu h-ullamh, ealamh leum gach fear gu 'àite féin. Ghlac an seann duine an stiùir: ann am prìoba na sùla bha fear aig seòl agus bha fear air caineab, agus a' cheathramh fear aig bun a' chroinn le sùilean biorach air machair na mara agus claisteanachd cho geur agus gu'n cluinneadh e an leumadair-feòir. Le feathachan gaoithe o'n tuath agus le dà shlat de sgòd bha am bàta a' siubhal le fonn. Ach aig Aird Mhic Laomuinn thuit an soirbheas agus cha robh ach suidhe ris na ràimh. Bha sgadan 's na caoil Bhòtach agus bha an sruth an ceann. Ghlac am ministèir Gallda ràmh, ach na ghlac bha a bhasan bog maòth agus an craicionn a' bagradh éiridh 'n a mhìll ann an glaic a làimhe. Aig ceann leth-uair bha e glé thoileach an t-iomram fhàgail aig an sgioba. Uair an déidh uair, le fallus 'g an dalladh, dh' iomair na h-iasgair aig aig dol fodha na gréine bha iad aig eilean na Losgainn air sgrìob an sgadain. Thubh-airt mi mar gu'm b' ann am feala-dha ris a' mhinistèir Ghallda gur e obair leisg a bha 's an iasgach agus gu'n deanadh ablaich mheat gun neart gun stà sgioba bàta. Bha lasag 'n a shùil ach bha e glé ghann de chòmhradh. Cha robh gluasad air sgadan gu faisg air briseadh an latha agus bha an oidheche fadalach fuar. Bha na h-iasgair aig blàth, seasgar, ach mo thruaighe! am ministèir Gallda a rinn tàir air aodach an iasgair,—bha e air chrith leis an fhuachd agus gu h-iriseal, taingeil a' gabhail ball aodaich o shean agus òg. Cha chuala mi facal tuilleadh air leisg nan iasgaran. Ach ged nach cuala thòisich mi air cnuasachadh mu'n leisg agus thàinig mi chum a' chodhunaidh so, ma 's dimeich an leisg gur dimeich i a tha ceangalte ann an tomhas beag no mòr ris na h-uile. Cha'n ann am Bòt a mbain a tha an t'òlc. Thog an leisg a ceann glé thràth. Cha robh Adhamh féin saor o'n leisg agus thug e an droch dhileab so d' a shliochd. Bha meas de gach seòrsa a bha taitneach ri fhaicinn agus ri itheadh anns a' ghàradh, ach thachair dha a bhi faisg air ùbhlán na craobhe toirmisgte agus a choinn gu robh i ri fhaotainn air bheagan dragha, chaisg e acras leis an ubhail. Bu daor a phàigh an saoghal air leisg Adhaimh.

Tha gaisgich dhubha Africa agus chearnan eile easgaidh gu leòir an uair a shéideas an trompaid agus a bhuailear clag-ghairm a' chogaidh ach obair cha dean iad ma ghabhas i seachnadh. Is e na mnathan a tha a' deanamh am beagan àiteachaidh a bheir dhaibh an coirce-Innseanach is lòn dhaibh. Cha'n e an leisg uile gu léir is aobhar do'n chleachdadh so ach cha'n 'eil e fasanta do ghaissgich airm gné obair de'n t-seòrsa so a dheanamh. Ann an oisein iomallach no dhà de'n Ghàidhealtachd fàgaidh na fir na mnathan ag oibreachadh an fhearain ged bhios iad féin 'n an tàml. Tha na fir a' deanamh tàir air obair de'n ghné so. Gun teagamh cha sealladh taitneach e mnathan fhaicinn ri obair throm 'g an saruchadh agus fir làidir a' feitheamh gus an tig an sgadan faisg air cladaichean tìreil, ach cha'n e an leisg a mhàin a tha aig bun na casaid so.

Tha iad a' cur iomadh gné obair ann an suarachas. Mur bheil mi air seachran 'n am bliarail cha toil leis a' Ghaidheal obair an fhearain. Is toigh leis treudan, caoraich agus crodh, machraichean farsuinn agus monaidhean gun chrìochan. Ann an tìrean céin cha 'n 'eil sluagh eile a bheir bàrr air na Gàidheal mar bhuaichlean spréidhe Bha am ministear Gallda ri fanoid air na criomain bheaga a bha fo bhuntata agus coirce agus sin féin air dbroch ghiollachd. Air Galdachd agus air Ghàidhealtachd tha na fearainn bheaga air an aon réidh, a chionn nach 'eil luach an déidh an saothrach. Air a shon sin, tha amharus agam gu'm bheil obair an fhearain beagan an aghaidh a' chuilg do'n Ghàidheal.

Ach an uair a dhùnadh mise aon bhealach dh' fhosgladh am ministear Gallda bealach eile. Mar dhearbhadh air leisg nan Gàidheal thug e an aire nach 'eil bailtean mòra 's an tìr. Cha' n' eil simileirean toiteach a' dubhadh a mach na speur anns an latha agus a' lasadh suas nan gleann anns an oidhche. Tha sàmhchar na leisge, arsa esan, air monadh 's air srath, goine agus teanntachd a' cumhannachadh am beagan sluaigh a tha fathast anns an tìr. Gun teagamh, cha'n 'eil ùpraid nam bailtean mòra, cabhag agus driop ri fhaicinn. Cha' n' eil beartas tric no ionmhas pailt anns a' Ghàidhealtachd. Tha an dùthaich monadail agus cha'n 'eil am fearann brìghmhor. Cha'n 'eil gual no iarunn ri chladhach feadh nam beann. Ach far am bheil ùpraid malairt agus trainghe obair tha an Gàidheal fo dheagh chliù mar fhear obair agus cumaidh e suas a cheann féin de'n dreallaig. Cha'n e an leisg a tha cumail a sporain gann 'n a thìr fein. Ged a tha an tìr gun bhailtean mòra agus na

bailtean beaga suarach ann an sùilean a Ghoill is taitneach leis a' Ghàidheal ra clachain agus na bothain anns am bheil blàths agus caomhalachd. Cha do chuir an Gàidheal uigh anns an t-saoghal cho mòr agus a rinn muinntir na h-àirde deas. Cha 'n 'eil farmad aige ri luchd nam bailtean mòra le'n ùpraid, le'n anshocair, le'n cealgarachd agus le'n saoghaltas. Tha fios aige gu'm feum e aran làitheil, ach cha'n 'eil e deas gu aran na beatha a dhearmad.

Abradh càch gu 'm bheil e leisg ma thogras iad—cha'n 'eil iad 'ga thuigsinn — ach air mo shonsa is e mo dhùrachd, gu ma fada sàmhchar m'a chladaichean, coibhneas 'n a ghlinn, agus sith 'n a chridhe.

C. A. M.

FAGAIL A' GHLINNE. 1889.

Tha truimead air m' inntinn
Bho fheasgar Di-h-aoin;
'S mi air fàgail mo dhachaidh
'N Gleann Garaidh nan craobh.

Gur tric bhios mi 'g amharc
Nam beanntan tha shuas,
'S a' bruadar mu'n Fhaicheam—
Sruth Gharaidh 'n am chluais.

Thig loinnearachd Samhraidh
Air coille nan geug;
Bidh na sobhraichean bòidheach
Mar òr 's a' Chreig Léith.

Cluinnear farum nan sealgair
Moch is annoch 's an fhric
'S bidh gaisgeach nan cabar
Mu ghlaicibh Bheinn Ti.

Ach bidh mise air m' aineol
Far nach aithnichear mi,
Ag cuimhneach' gach aoibhneis
A shoillsich mo chridh'.

Gu'm bu ghrinn leam bhi 'g éisdeachd
'S an réidh-mhaduinn chiùin
Seirm ceòlmhor Di-dòmhnach
Bho àros mo rùin.

Slàn, slàn leibh, a phrasgain
'S an robh tlachd agam riamh;
A bhi taisbeanadh Slàint duibh,
B' e m' aighear 's mo mhiann.

Ach a Dhia! bi mar bhuaichail'
Ag cuairteach ar ceum;
Is stiùir sinn gu sabhailt
Do Chànain na gréin'.

Dubhras.

T. S.



DOCHAS AN T-SALMADAIR.

*Cha 'n fhàg thu m' anam anns an uaigh :
cha leig thu le t' aon naomh truaillidheachd
fhaicinn.—Salm xvi., 10.*

Tha e air a ràdh gur e Daibhidh a sgrìobh an t-salm so an uair a bha Saul an toir air a bheatha. Tha e féin ag innseadh ann an ceud leabhar Shamuel (xxvi., 19) gu'n robh e air fhuadachadh a mach o oighreachd an Tighearna, agus gu'n robh cuisean cho dorcha aig an àm sin 's gu'n d' iarr daoine air seirbhis a dheanadh do dhiathan eile agus eùl a chur ri Iehobhah a chionn gu'n do chuir Iehobhah, a réir coslais, eùl ris-san. Ach a dh' aindeoin nan duileadasan agus nan trioblaidean a thàinig air cha'n éisdeadh an Salmadair ri comhairle na feadhach sin oir bha e cinnteach nach tréigeadh an Tighearna e. Eadhon anns an dorchadas bha co-chomunn aige ri Dia agus ann an lionsmhorachd a smuaintean an taobh a stigh dheth bha a chomhfhurtachd-san a' toirt solas d'a anam.

*Cuibhrionn mo chup' is m' oighreachd Dia,
'S tu sheasas dhomh mo chrann;
An àitibh aoibhneach thuit mo lìon,
'S lean oighreachd bhriagh' nach gann.*

Cha b' urrainn da smuaineachadh air aoibhneas a b' àirde na gu'm biodh Dia maille ris a ghnàth, agus air dhà a bhi cinnteach gu'n robh Dia air a dheas làimh cha chuireadh cunnart no trioblaid air bith eagal air. Bha e cinnteach nach cuireadh bàs, no beatha, no nithean ata làthair, no nithean ata ri teachd, sgaradh eadar 'anam agus Dia. Agus air dha an dearbhachd làidir so a bhi aige, agus fiosrachadh cho dlùth fhaotainn air Dia, tha e ag ràdh,

*Anns an uaigh cha 'n fhàgar leat.
Shìos m' anam air aon ached;
Cha leig thu fòs do d' sheircèinn naomh,
Gu'm faic e truaillidheachd.
Dhomh sligh' na beatha nochdaidh tu,
A'd' làth'r làn aoibhneas ta;
Is aig do dheas làimh féin, a Dhé,
Mòr shubhachas gu bràth.*

Tha cuid de dhaoine ann am beachd gu bheil an t-salm so a' teagasg neo-bhàsmhorachd an anama, agus gu'n robh an Salmadair cinnteach nach b'e an uaigh crìoch a réis. Bha an t-abstol Peadar de'n bbeachd nach ann idir uime féin a bha an Salmadair a labhairt, ach mu Chrìosd, oir anns an t-searmon

a liubhair e air là na Caingis thubhairt e nach gabhadh e bhith gu'n robh na briathran so air an coimhlionadh ann an Daibhidh do bhrìgh gu'n d' fhuair Daibhidh bàs agus gu'n d' adhlaiseadh e, agus gu'n robh an uaigh anns an do chuireadh e r'a faicinn gus an là diugh. Tha Peadar ag ràdh gur ann mu aiseirigh Chrìosd a bha an Salmadair a' labhairt, air dha a thuigsinn roimh làimh nach faiceadh fheòil truaillidheachd. Chleachd Pol an argumaid cheudna ann an Antioch, agus thug e seachad mar aon de na dearbhaidhean gu'n d' éirich Chrìosd an fhàistneachd so a rinn an Salmadair, "Cha 'n fhuiling thu do d' Aon naomh gu'm faic e truaillidheachd." (*Gnìomharan xiii., 35*). Chunnac feòil Dhaibhidh, tha e ag ràdh, truaillidheachd, agus mar sin cha robh na briathran air an coimhlionadh ann, ach an Ti a thog Dia suas cha'n fhaca esan truaillidheachd.

Cha ruig sinn a leas dad a ràdh air a' chùis sin an tràth-sa, ach faodar a' cheist fheòraich, an robh dòchas na beatha maireannaich aig an t-Salmadair féin? Cha 'n 'eil dòchas na beatha maireannaich anns an t-seann Tiomnadh ach mar sholus fann. Cha robh na h-Iudhaich am beachd gu'n robh spiorad mhic an duine a' bàsachadh an uair a dh' fhàgadh an anail an corp, ach cha robh meas mòr sam bith aca air an staid anns an robh an spiorad a' dol a steach. Theireadh iad ri àite-còmhnuidh nam marbh *Sheol*, àite fuar, iomallach, dorcha, anns an robh araon am firean agus an t-aingidh air an tilgeadh aig uair am bàis : àite anns nach robh obair, no grìan, no solas; tìr dorchadais mar dhuibhre sgàil a' bhàis, agus as eugmhais gach riaghailt, far am bheil an solus mar dhorchadas—(*Iob, x, 22*). B'e *Sheol* tìr na dùchumhne, "Cha 'n 'eil fios ni air bith aig na mairbh agus chaidh as mar an ceudna d' an gràdh agus d' am fuath agus d' am farmad." (*Eccles. ix, 5*). Ann an *Sheol* cha robh eadar-dhealachadh eadar am firean agus an t-aingidh; cha robh an t-ionracan a' mealtainn sonais ann agus cha mhò a bha an t-aingidh a' fulang peanais ann. Ach b'e searbhadas na tìre ud uile gu léir nach faicte gnùis Dhé innte agus nach robh co-chomunn tuilleadh aca-san a rachadh a steach do staid nam marbh ri Dia. "Anns a' bhàs cha 'n 'eil cuimhne ort, a Dhé, agus ann an *Sheol* cò bheil dhuit cliù." (*Salm, vi, 5*). "Gu deimhin cha dean *Sheol* luaidh ort; cha chuir iadsan a théid sìos do'n t-slochd an dòigh ann a'd' fhìrinn." (*Isaiah, xxxviii, 18*.)

Ach ged bha an taobh thall de'n uaigh air a cuartachadh le ceò is dorchadas do na h-Iudhaich fad iomadh linn, agus ged nach robh iad ag altrum an dòchais a tha aig creidimhich anns na làithean so, bha an solus a' fàs uigh ar n-uigh agus mu dheireadh ràinig cuid dhiùbh air earlais de'n fhìrinn a theagaisg Crìosd do'n t-saoghal an uair a thug e beatha is neo-bhàsmhorachd gu solus tre chumhachd 'aiseirigh. Bha cuid de na seann naomh a' gluasad cho dlùth maille ri Dia, agus bha faireachduinn cho beò aca air làthaireachd Dhé agus air an t-sòlas a bha companas Dhé a' toirt d' an anam, 's nach robh e furasda dhaibh a chreidsinn gu'n tigeadh an là idir anns an rachadh an co-chomunn sin a bhriseadh. Bha faireachduinn aig na h-aithrichean Iudhach air làthaireachd Dhé nach 'eil aig mòran Chrìosduidhean an diugh. "Cò a tha agam anns na nèamhan ach Thu, agus ann an coimeas riut cha 'n 'eil neach air thalamh air a bheil mo dhéidh?" "Cia luachmhor leamsa do smuaintean a Dhé; an uair a dhùisgeas mi tha mi a ghnàth maille riut-sa." "Aon ni ghuidh mi air an Tighearna, a bhì a'm' chòmhuidh ann an tigh an Tighearna ré uile làithean mo bheatha, a chum gu'm faicinn maise an Tighearna." Bha beatha nan daoine a labhair mar so folaichte ann an Dia, agus bha an caidreamh ri Dia cho sòlasach leò 's nach dùraichdeadh iad gu'n tigeadh e gu bràth gu crìch. B'e an *dùrachd* sin màthair an creidimh anns a' bheatha mhaireannaich. Bha am fiosrachadh a bha aca air làthaireachd Dhe 'n an anam féin cho soilleir agus cho sòlasach 's gu'n robh iad cinnteach nach tugadh am bàs bhuapa e. B'e sin dòchas an t-Salmadair. Tha e ag ràdh anns an t-salm so gu'n do rinn a chridhe gàirdeachas agus gu robh fheòil a' gabhail fois ann an dòchas, do bhrìgh gu'm b'e Iehobhah a Thighearna agus nach fàgadh e 'anam ann an Sheol. Ged bha Sheol a' fosgladh a bheòil a chum a shlugadh suas bha Dia air a dheas làimh agus cha dealaicheadh e ris. Mar sin bha e cinnteach nach b'e an uaigh a chuibrionn no crìoch a réis ach gu'm faigheadh e beatha is tuilleadh beatha, lànachd na beatha a tha sruthadh bho Iehobhah.

Anns an t-salm so cha 'n 'eil neo-bhàsmhorachd an anna air a theagasg mar fhìrinn a dh' fhóillsich Dia do'n t-Salmadair, ach tha an Salmadair féin ag amas air an fhìrinn sin agus a' deanamb greim air an dòchas mhòr sin o'n fhiosrachadh a bha aige air a' bheatha mhaireannaich a chuir Dia 'n a anam. Agus bha an dòchas sin mar reul-iùil d'a anam anns an dorchadas. Ged nach 'eil e ag ràdh mòran mu'n bheatha ata

ri teachd bha dòchas 'n a chridhe gu'm mair-eadh an co-chomunn a bha aige ri Dia gu sìorruidh agus ge b'e àite am bitheadh e gu'm biodh Dia maille ris an sin. Cha robh an dòchas so aig a luchd-dùthcha uile, a chionn nach robh am fiosrachadh ceudna aca a bha aige-san air làthaireachd Dhé is cumhachd Dhé 'n a anam. Na'n robh a' cheist air a cur air, 'C' ar son a tha thu a' creidsinn ann am beatha air taobh thall na h-uagha?' theireadh e, 'Tha beatha Dhé annam cheana, agus do bhrìgh gu bheil Dia sìorruidh bidh mo cho-chomunn-sa ris sìorruidh mar an ceudna: is e beatha Dhé annam dòchas na gloire.'

Chaidh iomadh bliadhna agus iomadh ginealach seachad bho 'n là anns an robh an Salmadair a' reusonachadh mar so ri anam féin, ach ged tha an saoghal Crìosduidh uile a' gabhail a nis ris an fhìrinn a dh' fhóillsich Crìosd mu'n bheatha mhaireannaich, tha mi an dùil nach 'eil rud sam bith eile a bheir do dhaoine dearbhach is creideamh làidir ann an neo-bhàsmhorachd an anna cho cinnteach ris an fhiosrachadh a bha aig an t-Salmadair. Is aon ni ata ann, gu'n cuireadh daoine an aonta ri creud na heaglais le'm bilean agus gu'n abradh iad, 'Tha sinn a creidsinn anns an aiseirigh bho na marbhaibh'; ach is rud eile ata ann gu'n abradh iad, 'Tha dearbhachd againn nach fàg e ar n-anam anns an uaigh, *oir tha Crìosd annainn, dòchas na gloire.*'

Faodaidh duine creidsinn anns a' bheatha mhaireannaich a chionn gu'n do theagaisgeadh an fhìrinn sin da bho 'òige, ach cha 'n 'eil ann an sin ach creideamh na cluaise; ach an uair is aithne dha beatha na diadhaidheachd ann féin, a' bheatha ata Dia a' dùsgadh anns an anam tre chumhachd an Spioraid Naomh, tha fianuis na beatha mhaireannaich aige ann féin. Cha 'n 'eil fìor chreideamh anns a' bheatha mhaireannaich air fhaotainn anns an duine gu nàdurra, agus cha mhò a tha an creideamh sin beò no làidir ann an cridheachan dhaoine a tha fhathast ann an staid nàduir; buinidh e gu sònruichte do shluagh an Tighearna a tha air am breith a ris le cumhachd an Spioraid Naomh. Cha 'n urrainn mac an duine a thuigsinn eiod a tha anns a' bheatha mhaireannaich gus am faigh agus am fiosraich e i; a' cheart cho luath 's a tha a bheatha sin a' tòiseachadh 'n a anam tha dòchas na h-aiseirigh ag éirigh gu làn dearbhachd ann. Agus air an làimh eile, ma tha duine aineolach air Dia agus a eugmhas diadhaidheachd; ma tha a chridhe agus a dhòchas gu buileach anns an t-saoghal so; agus ma's biadh is deoch is ceòl da na nithean ata aimsireil is faicsinneach, cha bhì soisgeul na h-aiseirigh ach mar fhuaim 'n a chluasan.

Is a Crìosd an aiseirigh agus a' bheatha, agus is e iadsan anns a bheil spiorad is beatha Chrìosd ag oibreachadh cheana aig a bheil an fhianuis an taobh a stigh dhiubh gu bheil iad neo-bhàsmhor. Tha an tomhas beatha a fhuair iad a bhos 'n a earlais dhaibh air an lanachd beatha air an ruig iad shuas. Cha ghabh e dearbhadh le argumaid do neach air bith gu bheil e neo-bhàsmhor mur bheil a' bheatha mhaireannach air a ghiùlan cheana, ach ma tha a bheatha fòluichte maille ri Crìosd ann an Dia bidh a' cheart dearbhadh aige a bha aig an t-Salmadair, nach 'eil e comasach do chumhachd air bith air nèamh no air thalamh a sgaradh bho ghràdh no bho chomunn Dhé.

*So dòchas ait nan anma naomh,
O'n Slànruighear caomh an tràths';
A thug an Spiorad dhaibh maraon,
Mar sheul is earlais gràidh.*

*Gach neach 'gam bheil an dòchas so,
'Na chòmhradh is 'n a ghnòmh;
Biodh déidh aig' air bhì naomh is glan,
Ceart amhail a bha Crìosd.*

LEABHAR ESTEIR.

Tha an leabhar so ag innseadh dhuinn mu nithean sònruichte a thachair ann an rìoghachd Phersia an uair a bha rìgh Ahasuerus air a' chrùn.

An uair a bha Ahasuerus trì bliadhna air a' chrùn rinn e feadh mhòr is cuirm; an toiseach d'a sheirbhìsich agus do mhaithen na dùthcha, agus 'na dhéidh sin do mhuinntir Shusain. Tha e coltach gu'n do rinn e an gnothuch gu h-uasal agus gu rìoghail, oir chaidh feadh nan uaislean air a h-aghaidh sé mìosan, agus an té eile seachdain. Bha fion ann am pailteas, mar gu'm biodh am bùrn fuar, agus soithichean òir gus am fion òl asda.

Aig deireadh na cuirme, an uair a bha eridhe an rìgh subhach le deoch, dh' iarr e air na seachd cailteanaich a bha a' frithealadh dha Bhasti a thoirt an làthair na cuid-eachd. B'e Bhasti a' bhànrigh. Bha i anabarrach maiseach, agus bu mhaith le Ahasuerus gu'm faiceadh na h-uaislean maise a mhnatha mar chunnaic iad cheana òir-dheirceas a thighe.

Ach bha Bhasti 'na boirionnach beusach, banail, agus dhiùlt i i féin a nochdadh do'n ghràisg a bha cruinn. An uair a dh' innis na cailteanaich so do'n rìgh las fearg 'n a chridhe. Chuir e a chomhairle ri daoine glìce, ciod a bu chòir da a dheanamh. Tha e coltach gu'n robh mnathan aig na daoine glìce iad féin, agus is e a' chomhairle a thug iad do'n rìgh Bhasti a chur bhuaith agus té

eile a ghabhail 'n a h-àite, air chor agus nach leanadh mnathan na dùthcha a h-eiseimpleir agus nach deanadh iad tàir air am fir.

Is e so a rinneadh. Chuireadh fios air feadh na dùthcha na h-òighean a bu sgiamhaiche na chéile a chruinneachadh gu luchairt an rìgh ann an Susan, chum 's gu'n taghadh e asda té a chuireadh e ann an aite Bhasti.

An uair a thàinig na h-òighean cruinn luidh a shùil air Ester, ban-ludhach agus dilleadhan a thogadh ann an tigh Mhordecai, bràthair a h-athar. Dh' iarr Mordecai oirre gum innseadh do'n rìgh gu'm bu ban-ludhach i. Fhuair Ester gean-maith ann an sùilean Ahasuerus os cionn nan òighean uile, agus chuir e an crùn rìoghail air a ceann.

Began 'na dhéidh so chuala Mordecai os ìosal gu'n robh dithis de na cailteanaich a' maoidheadh làmh a chur ann am beatha an rìgh. Thug e rabhadh do Ester; thug Ester rabhadh do'n rìgh; chaidh na cailteanaich a chrochadh, agus sgrìobhadh ann an leabhar-eachdraidh an rìgh gu'n do shàbhail Mordecai a bheatha.

Am measg seirbhìsich an rìgh fhuair Haman gean-maith os cionn chàich, agus dh' òrduich Ahasuerns gu'n deanadh na seirbhìsich eile am beic dha. Rinn iad so uile ach a mhàin Mordecai. Bha fhios aig Mordecai nach bu toigh le Haman na h-Iudhaich, agus mar Iudhach a bha an dà chuid uaibhreach agus dìleas d'a dhaoine féin, cha lùbadh e a ghùn da.

Mar sin chuir Haman roimhe gu'n islicheadh e sron Mhordecai, agus chomhairliche do'n rìgh a h-uile Iudhach anns an dùthaich a mharbhadh air là sònruichte. Chuir e mar fhuachaibh air Ahasuerus gu'n robh iad a' deanamh cron anns a rìoghachd; gu'm bu daoine iad aig an robh laghannan dhaibh féin agus nach robh iad a' coimhead laghannan Ahasuerus, agus mar sin gu'm b'e an gliocas da cur as daibh uile.

Thug an rìgh cead do Haman e a dheanamh mar b' aill leis, agus chuir Haman a mach gillean-ruith air feadh na tìre uile ag òrduchadh na h-Iudhaich a sgrìos. Bha bròn mòr am measg nan Iudhach, agus trasgadh is gul is caoidh.

Dh' innis Mordecai do Ester mu'n bhinn a chaidh a thoirt a mach air a luchd-dùthcha, agus dh' iarr e oirre tagradh ris an rìgh as an leth. Air do Ester gean-maith fhaotainn ann an sùilean an rìgh a ris, gheall e gu'n tugadh e dhi rud sam bith a dh' iarradh i gu ruig leth na rìoghachd.

Rinn Ester cuirm agus dh' iarr i an rìgh agus Haman 'g a h-ionnsuidh. Aig a' chuirm, an làthair Hamain, thug an rìgh dhi an tairgse a ris, gu'm faigheadh i a h-iarrtus gu ruig leth na rìoghachd, agus a ris b'e

iarrtus Esteir gu'n tigeadh e féin agus Haman gu cuirm eile an màireach.

Bha Haman air a shéideadh suas le uabhar a chiunn gu'n do shuidh e aig bòrd maille ris an rìgh agus ris a' bhànrìgh, ach chaochail a shubhachas an uair a chunnaic e nach do rinn Mordecai beic dha anns an dol seachad. Dh' innis e so d'a mhnaoi agus chomhairlich ise dha croich a dheanamh deas air son Mhordecai. Thaitinn an rud gu gasda ri Haman agus rinn e croich a bha leth cheud làmh-choille air àirde.

An oidhche sin cha b' urrainn do'n rìgh cadal, agus dh' iarr e air a luchd-frithealaidh iad a leughadh dha á leabhar-eachdraidh na rìoghachd. Rinn iad sin, agus anns an leughadh thàinig iad thairis air mar a shàbhail Mordecai a bheatha. Dh' fheòraich an rìgh ciod an duais a thugadh do Mhordecai air son a ghnìomha ud, agus fhreagair am fear-leughaidh nach d' fhuair e duais air bith.

An uair a thàinig Haman an làthair an rìgh 's a' mhaduinn thuirt an rìgh ris, ciod a nithear do'n duine air an toil leis an rìgh urram a chur? Shaoil Haman gur e e féin a bha aig an rìgh anns an amharc agus dh' ainmich e an t-urram a b' àirde air am b' urrainn e smuaineachadh. Ach thuirt an rìgh ris, Greas ort, rach a mach agus dean mar sin do Mhordecai oir is esan an duine air an toil leis an rìgh urram a chur.

An uair a dh' innis Haman so d'a mhnaoi thuirt ise ris gu'n éireadh na bu mhiosa na so dha fhathast oir, ma b' ann de shliochd nan Iudhach Mordecai, nach buadhaicheadh e 'n a aghaidh.

An sin chaidh Haman maille ris an rìgh gu fleadh Esteir mar a dh' iarr i. Air do'n rìgh a h-iarrtus a thairgsinn dhi as ùr gu leth a rìoghachd, dh' innis i mu'n léir-sgrìos a bhatar a' deanamh air a luchd-dùthcha agus dh' iarr i air ceartas a thoirt daibh. Cò a tha deanamh an uile sin, ars' an rìgh? Haman; fhreagair Ester. Las corruich an rìgh agus choisich e a mach as an t-seòmar. Ghabh Haman an t-eagal, agus chaidh e air a ghlùinean air beulaobh na banrìgh ag asluchadh tròcair. An uair a bha an rìgh a' tilleadh a steach faicear Haman air a mhògan làimh ri Ester, agus buailidh e 'n a cheann gu robh e ri brusdaireachd rìthe, agus gun an còrr uime dh' iarr e air na caillteanaich breith air agus a chrochadh ann an làrach nam bonn. Chroch iad e air a' chroich a rinn e féin air son Mhordecai. Agus chuir an rìgh Mordecai ann an àite Hamain.

Cha ghabhadh an t-òrdugh a chuireadh a mach ann an ainm an rìgh mu sgrìos nan Iudhach toirt air ais (oir cha ghabhadh laghannan nam Medach agus nam Persach

atharrachadh) ach chaidh fios a chur a mach a dh' ionnsuidh nan Iudhach iad 'g an dìon féin mar a b' fhèarr a b' urrainn iad. Tha e coltach gu'n do rinn iad sin le tapachd, oir mharbh iad na mìltean de mhuinntir Phersia. Agus fhuair na h-Iudhaich fois bho an naimhdean; thionndaidh am bròn gu h-aoibhneas, agus an doilghios gu àm maith, agus dh' ainmich iad na làithean sin Purim agus shuidhich iad gu'm biodh iad air an gleidheadh naomh mar cho-ainm nan làithean anns an d' fhuair iad buaidh air an naimhdean a dh' iarr an sgrìos.

Am measg nan Iudhach bha meas mòr air an leabhar so, ach cha 'n 'eil uiread meas air anns an eaglais Chrìosduidh. Cha bu toigh le Luther idir e, agus cha bu chall mòr sam bith e ged bhiodh e air fhàgail a mach as a' Bhiobull uile gu léir. Air mo shon féin dheth cha do leugh mi riamh caibideil á leabhar Esteir anns an eaglais, agus cha chuala mi riamh air a leughadh e le duine eile. Is e an aon leabhar anns a' Bhiobull anns nach 'eil ainm Dhe air ainmeachadh, agus cha 'n 'eil leabhar eile anns an t-seann Tiomnadh a tha cho fada air falbh ris bho teagasg agus bho spiorad an t-soisgeil. Cha 'n 'eil iomradh ann air peacadh no aithreachas no irioslachd no diadhaidheadh no naombachd, agus cha robh ni air bith anns an t-sealladh aig an duine a sgrìobh e ach glòir shaoghaila nan Iudhach. Tha uiread astair eadar Ester is Eoin 's a tha eadar an talamh agus nèamh.

Ach air a shon sin that cuimhne air a chumail ann air crioman beag de eachdraidh nan Iudhach a bhiodh air chall as eugmhais. Agus theid aig searmonaichean air naigheachd Hamain is Mhordecai uisneachadh ann an dòigh a chuireas eagal air daoine a tha a' rùnachadh 'n an cridhe rìbe a dheanamh air son casan dhaoine eile. Tha fiosrachadh an t-saoghail cho mhaith ris an leabhar so a' teagasg duinn gur tric a thuiteas duine e féin anns an toll a chladhaich e air son duine eile. An uair a thachras sin cha ruig e leas a bhi an dùil gu'n cuir an saoghal oladh air a chreuchdan. Cha chuir idir ach their e, "Is maith an airidh."

Ghléidh do mhaitheas ré an là sinn;
Eisd ruinn m'an tig àm dhuinn tàmh;
Fad na h-oidhche dìon le d' làimh sinn;
Tèaruinn sinn o bhuaireas nàmh.

Tosa bi dhuinn a'd' fhear-dion,
Riutsa earbaidh sinn gach sìon.

Coigrich anns an t-saogh'l, 's luchd-turuiss,
'S naimhdean umainn air gach taobh,
Dìon sinn fhéin 's ar caoimh o chunnart;
Gheibh sinn fois a'd' asgail naomh;

'S tràth thig sinn gu crìch ar ré.
Ni sinn tàmh an àros Dhé.



AN GAIRDEAN LAIDIR.

Air an aobhar sin ghleidheadh Peadar anns a' phrìosan, ach bha ùrnuigh air a deanamh gu dùrachdach leis an eaglais ri Dia air a shon. Gnìomhara, XII. 5.

A réir choslais bha na ceud chreidmheach 'n an daoine anns nach robh lochd no gamhlas do dhaoine eile; 'n an daoine a bha gluasad ann an eagal an Tighearna agus ann an sìth r'an co-chreutairean, ach air a shon sin uile cha bu toigh le uachdarain an t-saoghail iad. M' an gann a stad daoine de sheanchas mu na mìorbhuilean a chunnacas agus a chualas air là na Caingis dh' éirich geur-leanmhuinn an aghaidh nan Crìosduidhean; geur-leanmhuinn a chaidh air aghaidh fad nan ceudan bliadhna.

Tha e air a ràdh gur e an t-aobhar a bha aig uachdarain na Roimhe geur-leanmhuinn a dheanamh air an eaglais, nach rachadh na Crìosduidhean do'n arm; gu robh iad 'ga chunnacas ceàrr do dhaoine a bha ag aideachadh ainm Chrìosd. Prionnsa na Sìth, cuid no pàirt a bhi aca ann an cogadh. Faodaidh e bhith gu bheil sin fiòr ann an tomhas, agus nach bu toigh le uachdarain an t-saoghail na beachdan a bha aig na ceud chreidmheach a thaobh cogaidh, ach cha 'n 'eil guth air a ràdh mu'n aobhar shònraichte sin anns an Tiomnadh Nuadh. B' e an fhìor choire a bha aig an t-saoghail an aghaidh nan creidmheach gu robh iad ag aoradh do Chrìosd mar Rìgh agus mar Shlànuighear. A thaobh Chrìosd thubhairt uachdarain na Roimhe is maithean an t-seann t-saoghail a' cheart rud a thubhairt sgrìobhaichean is Pharasaich Ierusalem, nach robh ann ach neach a bha tionndadh cinn dhaoine agus 'g an cur air seachran bho chreideamh an aithrichean.

Anns na làithean mu bheil Lucas ag innseadh anns an leabhar so b' e Herod a thòisich air na Crìosduidhean a ruagadh, droch dhuine gun choguis gun chridhe. Cha 'n e mhàin gu robh e fhéin olc ach thàinig e bho dhaoine olc; bha fuil shalach ann, agus far a bheil fuil shalach innsidh i i fhéin daonnan. An uair a leughas tu anns an dara àithne gu bheil Dia a' leantuinn aingidheachd nan aithrichean air a' chloinn gus an treas agus an ceathramh ginealach, ciod ata an sin ach lagh an dùthchais? Ma bha Herod so 'n a dhuine an-ìochdmhor cha b' e cheannach sin a rinn e, oir bha a sheanair, Herod Mòr, 'n a dhuine brùideil; mharbh e a' chlann bheag ann am Betlehem an uair a

rugadh an Slànuighear. Ach cha b' fheàrr an t-ogha na sheanair; a' cheart cho luath s' a fhuair e ann an dreuchd thòisich e air na Crìosduidhean a gheur-leanmhuinn. Theagamh nach bu toigh leis iad co dhiu, oir bha an caitheamh-beatha a' dìteadh a chaith-eamh-beatha féin, ach tha Lucas ag ràdh gur e an rud sònraichte a bha aige anns an t-sealladh ann a bhi mort nan Crìosduidhean, na h-Iudhaich a thoileachadh.

Mharbh e Seumas bràthair Eoin an toiseach, agus an uair a chunnaic e gu'n do thaitinn sin ris na h-Iudhaich ghlac e Peadar agus thilg e anns a' phrìosan e. Ach thug gairdean an Tighearna Peadar a mach á beul an leomhainn, air chor agus ged bha mort ann an cridhe Herod nach d' fhuair e cothrom air an tuilleadh fala a dhòrtadh. Ma leughas tu an dara caibideal deug de'n leabhar so chì thu gu bheil aon leasan air a theagasg innte gu drùidhteach, leasan a tha air a theagasg gun sgur anns na sgrìob-turan, gu'n smachdaich Dia an neach a dh' àrduicheas e féin. Ann an toiseach na caibideil so chì thu Herod air a shéideadh suas le uabhar is glòir a staide, a' saltairt air naoimh is abstoil mar nach biodh annta ach salchar fo chasan, ach ma ruig thu deireadh na caibideil chì thu an duine ceudna agus 'àrdar air ìsleachadh, gun chomas aige cothachadh an aghaidh freasdal is ceartas an Tighearna, air a bhualadh sìos le galair a thug bàs uamhasach air. Ciod air bith is ciall da, tha mi an dùil gu bheil Dia na's truime air a' pheacadh so na tha e air peacaidhean eile an aghaidh a lagha agus a naomhachd. Ma leughas tu na sgrìob-turan gu cùramach chì thu nach 'eil an neach a dh' àrdaicheas e féin agus a dhìchuimhnicheas Dia a' dol as uair air bith, an neach a shireas urram is glòir dha féin agus nach toir do Dhia a' ghlòir a bhuineas da. Faodaidh peacaich eile dol as gun pheanas car greis, peacaich a shaoileas sinne a tha na's mìosa na iad sud, ach a réir teagasg a' Bhiobuill cha'n 'eil dol as idir aig na daoine a tha làn dhiubh féin agus nach toir a' ghlòir do Dhia. Dh' fbaodainn fichead duine ainmeachadh 'g a dhearbhadh so bho Nebuchadnessar gu Herod, ach fàgaidh mi e aig ar luchd-leughaidh na daoine sin a lorgachadh anns a' Bhiobuill air an son féin.

Bha sé saighdearan deug air an cur a mach gus Peadar a ghleidheadh anns a' phrìosan. A thuilleadh air an luchd-faire sin, bha na dorsan agus na geatachan air an crannadh, agus Peadar air a cheangal le dà shlabh-raidh. Ach cha dùin dorsan a mach Dia;

gluaisidh esan ann an dòighean iongantach agus a rùintean a choimhlonadh, agus feuch, thàinig aingeal an Tighearna air a' mheadhon-oidhche, agus dhealraich solus anns a' phrìosan; agus bhuail e Peadar agus dhùisg e e ag ràdh, "Eirich gu grad; crios-laich thu féin agus cuir ort do bhrògan; tilg t' fhalluinn umad agus lean mise." Shaoil Peadar gu robh e a' bruidh, ach lean e an t-aingeal, agus air dhaibh dol air an aghaidh dh' fhosgail na geatachan romhpa leò féin, agus bha Peadar 'n a sheasamh air an t-sràid. *An sin dh' fhàg an t-aingeal e.*

Tha cuid de dhaoine am beachd nach bu spiorad idir an t-aingeal so (oir tha am facal aingeal a' ciallachadh *teachdaire*) agus gu'n do chuir Dia ann an cridhe duine-eigin a bhuineadh do'n phrìosan a sheirbhiseach a shàbhaladh anns an oidhche. Co dhiù a tha sinn ceart no ceàrr cha dean e mòran mùghaidh, oir is ni beag e an coimeas ri nithean eile a tha anns an naigheachd so co dhiù a bhuineadh an t-aingeal do nèamh no do'n talamh so, co dhiù a bha no nach robh fuil is feòil aige. Tha mi an dùil gur e an rud sònraichte a bha aig Lucas anns an t-sealladh ann an innseadh na naigheachd so aire a luchd-leughaidh a tharruing air na deisciobuil a bha cruinn ag ùrnuigh air son Pheadair. Sin an lùdagan air a bheil an naigheachd so a' tionndadh, *bha ùrnuigh air a' deanamh gu dùrachdach leis an eaglais ri Dia air a shon.*

Sin an leasan a bu mhaith leis an t-sois-geulaiche a theagasg leis an naigheachd so, gur ann mar fheagairt do ùrnuighean na h-eaglais a rinn Dia an rud a rinn e, Peadar a liubhairt bho spògan na béisde. An uair a thachair duileadas air na Crìosduidhean nach b' urrainn iad a chur as an rathad 'n an neart féin rinn iad an rud a bu choir dhuinn uile a dheanamh, ghairm iad air ainm an Tighearna agus dh' earb iad as a ghliocas agus a chumhachd. Cha do chuir iad seachad ùine a' deasbud na ceiste, co dhiù a dh' fhosglas ùrnuigh dorsan dùinte no nach fosgail; bha cuimhne aca gu'n d' thuirt am Maighstir riu na'n còrdadh iad air thalamh mu thimchioll ni air bith a dh' iarradh iad gu'n deanadh Athair-san air nèamh an ni sin air an son, agus mar sin thruis iad còmhla agus rinn iad ùrnuigh air son Pheadair gun sgar. Agus a réir an creidimh rinn Dia dhaibh.

Ann am broilleach na naigheachd mhòr tha an naigheachd bheag air a filleadh, an naigheachd bheag bhòidheach ud mu 'n chaileig shearbhanta a theab dol á cochull a chridhe le moit is gairdeachas an uair a chual i Peadar aig an doras. Ruith i a dh' innseadh d'a bhràithrean gur e Peadar a bha ann, ach

thuirt iad rithe gu robh i air mhì-chéill, agus eadhon an uair a dh' fhosgladh an doras agus a chunnaic iad gu robh a' chaileag ceart *bha iad lan uamhais*. Nach bu choltach na daoine ud ruinn fhéin! Bha iad ann an sud a dh' aon ghnòthuch ag ùrnuigh ri Dia, ach an uair a fheagairt Dia iad is gann gu'n creideadh iad e. Sin díreach mar tha mòran dhaoine an diugh. Leis a' chleachdadh tha iad a' leantail orra ag ùrnuigh, ag iarraidh gu'n deanadh Dia sud no gu'n deanadh e so, ach cha 'n eil dùil no dòchas aca ri freagairt, agus chuireadh e iongnadh am beatha orra na'n tugadh Dia dhaibh an rud a tha iad ag iarraidh. Ach saoilidh mi gu bheil e na's neo-reusanta do dhaoine ùrnuigh a dheanamh gun fìnghair aca ri freagairt na bhiodh e dhaibh gun ùrnuigh a dheanamh idir. Mar sin bu choir duinn ann an ùrnuigh iarradh le creideamh, gun bhi fo amharus sam bith, oir an ti a tha fo amharus is cosmhuil e ri tonn na fairge a shéidear le gaoith agus a tha air a luasgadh a null agus a nall; oir na saoilidh an duine sin gu'm faigh e ni air bith o'n Tighearna.

Tha an naigheachd so a' teagasg nach 'eil ni air bith eucomasach do Dhia. An uair a bha Peadar air a thilgeadh a steach do'n phrìosan agus car air a chur anns an iuchair cha'n 'eil teagamh nach robh dùil aige gu robh e ullamh. Bha an gairdean feòla làidir a bha 'n a aghaidh. Bha Herod 'na aghaidh; bha saighdearan is ballachan tiugha is dorsan glaiste 'n a aghaidh air chor agus nach robh e coltach gu'n rachadh e as o'n bhàs. Ach bha àireamh bheag de dhaoine ag ùrnuigh-an a leth agus dh' fhosgail an ùrnuighean-san uinneagan nan nèamh agus leig iad a mach cumhachd Dhe.

ANNS A CHATHAIR.

Cha robh mi aig an t-Seanadh an Dunéideann am bliadhna idir, ach mur robh, gheibhear an diugh anns na paipearan-naigheachd a h-uile rud a bha dol air aghaidh ann. A réir choslais, tha aonadh nan eaglaisean air a thoirt ceum eile na's dlùithe, agus is rud maith sin. Cha 'n' eil mise am measg na feadhach a tha de'n bheachd gu'n toir an t-aonadh atharrachadh spioradail air an dùthaich, ach air a shon sin tha mi air taobh an aonaidh le m' uile chridhe, oir is rud freagarrach e gu'm biodh Crìosduidhean aonaichte gu follaiseach an làthair an t-saoghail. Cha chuirinn air grund as àirde na sin e, *gu bheil an rud freagarrach*. An uair a chluinneas mi ministearan sònraichte a' searmonachadh an aonaidh na's bitheanta agus na's dìchiollaiche na shear-

monaicheas iad an soisgenl; a' feuchainn ri toirt air daoine a chreidsinn gu'm bi Albainn air a chosnadh do Chrìosd an uair a thachras an t-aonadh so; gu'm bi bràithreachas an measg dhaoine nach robh ann riamh roimhe, agus gu'm bi sporan na h-eaglais air a lìonadh le airgiod a tha an diugh air a chosg air eaglaisean air nach 'eil feum, cha 'n 'eil sin uile ann am chluasan ach mar ghleangarsaich dhaoine gòrach nach 'eil a' cleachdadh am briathran a thombas no labhairt gu pongail. Tha e ceàrr do dhaoine, co dhiù is ministearan no foirbhich iad, a bhi togail dùil is dòchas anns an dùthaich nach gabh gu bràth coimh-ionadh, agus saoilidh mi gur leòr an t-aobhar do na h-eaglaisean dol còmhla, *gu bheil an rud iomchuidh is freagarrach*, gun e bhi air a chur mar fhiachaibh oirnn gu bheil gambhas aca d'a chéile an diugh ach gu'm bi iad mar bhràithrean am maireach, no gu bheil mòran de shluagh na dùthcha air tuiteam air falbh o Dhia agus o dhiadhaidheachd a chionn gu bheil an eaglais Shaor agus an eaglais Stéidhichte dealaichte, ach gu'm brùchd iad a steach innte 'n am mìltean an uair a thig an t-aonadh. Caintt gun tìr agus gun dreach na firinn; cha 'n e eas-aonachd nan eaglaisean a tha cumail nan daoine sin a mach asda, ach an rud a thuirt an duine glic, an t-abstol Pol, *is naimhdeas an inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé*.

Is rud glé iongantach e, ach cluinnidh tu eadhon daoine pongail a' labhairt mar gu robh e fìor gu bheil *eas-aonachd* daonnan am measg sluaigh nach 'eil de'n aon eaglais, agus bràithreachas is blàths eadar na daoine a tha suidhe anns an aon eaglais còmhla. Cha 'n 'eil ann an sin ach bruidhinn gun seadh. Cha 'n e gu bheil iad a' suidhe anns an aon eaglais, no gu'm buin iad do'n aon chomunn a tha deanamh aonachd spioraid eadar daoine, ach gu bheil an cridheachan air an socruchadh air na t-aon nithe. Ma tha gràdh aig daoine do'n aon t-Slànuighear, agus iarrtus aca gu'n tigeadh a rìoghachd air thalamh tha iad aonaichte 'n an spiorad ged nach do shuidh iad riamh còmhla anns an aon suidheachan. Sin a' bhann a tha ceangal dhaoine ri chéile agus cha 'n e gu'm buin iad do'n aon choimhthional. Ged is nàrach an rud e r'a innseadh tha daoine 'n am choimhthional-sa nach do bhruidhinn ri chéile o chionn bhliadhnachan, agus theagamh gu bheil a' cheart ni fìor mu'n choimhthional a tha an ath dorus ruinn. Cha 'n e clachan, is aol, is fìodh a tha deanamh na h-eaglais, agus cha mhò is urrainnear a ràdh gu bheil daoine de'n aon eaglais an uair a tha iad air an cìobaireachd a steach

do'n aon togail; is e an eaglais comunn nan daoine aig a bheil gràdh do Chrìosd air feadh an t-saoghail uile. A dh' aindeoin e' àite a bheil iad a' suidhe cha 'n 'eil eas-aonachd eadar na daoine sin anns an t-seadh anns am bi na Philistich a cur as an leth.

Cha do thog mise riamh mo ghuth anns an t-Seanadh, ach na'n robh mi ann am bliadhna dhùraichdinn facal a chur a stigh air taobh na feadhach a tha deanamh an dichill air na tighean-òil a dhùnadh. Cha robh an eaglais againne riamh cho làidir an aghaidh an nisge-bheatha 's a bha an eaglais Shaor; gus o chionn beagan bhliadhnachan cha robh ach guth làidir no dithis anns an t-Seanadh a' glaodhaich an aghaidh an uile so. Ach dh' éirich daoine òga suas a chuir beatha anns na cnàmhan tioram, air chor agns gu'n d' thug an eaglais ùghdarras dhuinn an uiridh gach innleachd laghail a chleachdadh gus na tighean-òil a dhùnadh. B'e ceann-feadhna nan abstol òga so (ged tha a cheann féin glas) an t-Urramach W. P. Paterson; b' esan a thionndaidh an eaglais air a' cheist so, agus b'e a ghuth-san a thug air an t-Seanadh an uiridh ùghdarras a thoirt do luchd-dreuchd na h-eaglais dol air thapachd gus na tighean-òil a chur as. Ach bha iarmad de'n t-seann stoc anns an eaglais ris nach do chòrd so, agus theab iad am bliadhna na rinneadh an uiridh a thilgeadh bun os cionn. Cha robh an t-Ollamh Paterson a làthair; na'n robh, cha bhiodh e fada a' deanamh orra mar a rinn Samuel air Agag. Ach gu fortanach cha deachaidh an Seanadh air ais air obair na bliadhna-'n-uiridh, air chor agus gu'm faod a' chuid sin de mhuintir na h-eaglais a tha ag iarraidh na tighean-òil a chur as a ràdh fhathast gu bheil ùghdarras an Ard-Sheanaidh air an cùl. Bu nàrach an rud e, na'n rachadh e a mach air feadh na dùthcha nach b' fhèarr eaglais na h-Alba na clann Ephraim a thill air an ais ann an là a' eathra.

A dh' innseadh na firinn, b'e an t-aobhar nach deachaidh mi do Dhunéideann am bliadhna aig àm an t-Seanaidh gu robh fughair agam ri sid bhlàth, agus ma tha an t-sid blàth ann an deireadh Mhaigh cha 'n 'eil àm eile anns a' bhliadhna cho taitneach ris. Bha dòchas agam gu'n tigeadh feasgair chiùin is bhlàth a dh' fhaodainn suidhe anns a' choille bheithe agus mo spiorad a riarachadh le conaltradh diòmhair ri Urna Mòr na coille. Bheireadh sin barrachd aoibhneis dhomh, agus barrachd ùrachaidh do m' chridhe na fhuair mi riamh anns an t-Seanadh, no ann an àite air bith eile far am bi mòran dhaoine is mòran bruidhne.

Ach chaidh là is là seachad agus cha d' thàinig na feasgair air an robh m' ionn-drainn. So earrach cho fuar 's is cuimhne leam; a' ghaoth daonnan as an iar-thuath agus cho biorach ri gimleid. Tha na thàinig de'n t-samhradh cho fuar ris an earrach fhéin, agus ma leanas e air, tha eagal orm nach urrainn mi seasamh tuilleadh an aghaidh na feadhnaich a bhios ag innseadh dhuinn gu bheil tràthan na bliadhna ag atharrachadh. Cha robh mise 'g a chreidsinn sin, ach an déidh an earrach so tha eagal orm gu'm féum mi géilltinn daibh.

Ach cha bu mhaith leam gu'n saoilleadh tu, a leughadair, gu bheil mise a' gearan air an t-sid. Cha 'n 'eil idir, oir b' ionnan sin ri teagamh a chur ann an gliocas an Tì a tha riaghladh air nèamh is talamh. Tha esan ceart 'n a uile shlighean agus naomh 'n a uile ghniomharaibh. Tha an sean-fhacal ag ràdh nach e an latha maith nach tigeadh ach an droch dhuine nach fhanadh ris, agus thig am blàths fhathast. Is e a thug orm taruing a thoirt air an rud idir gu'n robh dùil agam nach b' ann anns a' chathair a sgrìobhainn an duilleig so ach anns a' choille bheithe, ach tha an t-sid cho fuar 's nach do shuidh mi innte am bliadhna fhathast.

Faodaidh fear na cathrach rud air bith a thogras e a ràdh, agus tha mise a' dol a ràdh rud a tha amharus agam nach cuir thusa t' aonta ris, gu'n toir gaol an talanta barrachd sòlais do chridhe mhic an duine na bheir rud air bith eile, is e sin r' a ràdh, rudan eile a ghabhas coimeas ris. Cha bhiodh e ceart gaol an talanta a choimeas ri gaol do mhnatha no do phàisdean, ach bheir gaol an talanta dhuit togail cridhe is aoibhneas buan nach fhaigh thu bho ghloir an t-saoghail, no bho mhalairtean a' mhargaidh, no bho chàrnadh suas stòrais. Tha seòrsa dhaoine ann a bhiodh air an nàrachadh gnotbuch air bith a bhi aca ris an talamh; cha toigh leò ùir an talanta fhaicinn air am brògan, no àileadh an talanta a bhi as an làmh. Sin na daoine a tha air an sgeadachadh ann an eudach mìn agus a chaitheas an ùine ann an seòmraichean nach 'eil daonnan rioghail. Cha 'n 'aithne do mhuinntir a' bhaile mhòir gu ceart c' ar son a thug Dia sròn do mhae an duine, oir anns a' bhaile mhòr cha 'n urrainn duine sòlas a dheoghal a steach le shròin, ciod air bith a mhosaiche a dheòghlas e a steach leatha. Ach anns an dùthaich tha sròn duine a' fosgladh dha gun sgar seòmraichean diòmhair an aoibhneis. Ma tha duine ann an deagh shlàinte agus cuinnlean geur aige, agus ma theid e a mach tràth anns a' mhaduinn, agus a' mhaduinn ciùin ann an toiseach an t-samhraidh, bheir a shron dha duais na moch-éirigh. ionmbas nach b'

urrainn rìgh Deorsa no banca Shasuinn a thoirt da.

Ged bhiodh mìltean is mìltean de airgid aig duine agus gun ghaol an talanta 'n a chridhe, gun mhothachadh aige do na sobhraichean na's motha na'm mart a tha ag itheadh an fheòir timchioll orra, no do ghucagan nan craobhan lairig an uair a dh' atharraicheas iad an snuadh; gun sròn aige do àileadh na tùis naomh is ghlan a tha ag éirigh bho gach iomaire is badan is tom; gun chluas aige do ghuileag tiamhaidh na feadaig no do fhead bhinn chaol an trilleachain agus e a' ruideas air an tràigh, ciod a b' fheàrr an duine sin a sporan a bhi làn? Cha 'n 'eil ann ach am baigear ma ruisgeas tu e gu chraicinn. Is e na daoine a tha sealbhachadh na talmbainn mar oighreachd na daoine a tha gaol an talanta 'n an cridhe, na daoine is urrainn maise is glòir is iongnadh an t-saoghail a thuigsinn agus a mhealtainn. Sin na daoine aig a bheil an saobhbreas as fhiach saobhbreas a ràdh ris.

Cha'n 'eil obair ann a tha cho nàdurra do dhuine ri bhi ag oibreachadh an talanta, oir b'e àithne Dhe do'n duine ann an tùs a thòiseachaidh an talamh a ruambar. Tha dà obair ann a tha daonnan uasal agus nach fas gu bràth snarrach, an tuathanachd agus an t-saorsainneachd, an obair aig a' cheud Adhamh agus an obair aig an dara Adhamh. Tha e car duilich a thuigsinn c'ar son a shaoileas daoine gu bheil e na's uaisle a bhi reic 's a ceannach na tha e a bhi cur 's a buain. Theagamh gu bheil e na's buannachdaile, ach cha 'n 'eil e na's toilinntinniche agus idir idir cha 'n 'eil e na's uaisle.

Ann an dòigh bheag tha mise ris an tuathanachd mi féin, ach ged nach 'eil sin cho buannachdail dhomh 's a tha reic gnail is uisge-beatha is stuthannan eile do na daoine mòra a bhios a' dol seachad orm air an rathad ann an càraichean bidh mi air uairean ag radh rium fhéin, "Ged tha sibhse ann an càraichean rìomhach agus nach 'eil annam-sa ach an coisiche bhiodh an t-acras oirbh mur tugainn-sa dhuibh 'ur dinneir." Cha 'n 'eil aig na daoine aig nach 'eil gnotbuch ris an talamh ach na gheibh iad an uair a tha an duine a tha 'ga oibreachadh sàsichte. Tha an tuathanach e fhéin a' suidhe aig a' cheud bhòrd agus marsantan a ghuail agus an uisge-bheatha aig an dara bòrd, ag itheadh na dh' fhàg an tuathanach.

Coma leam, mata, daoine anns nach 'eil gaol an talanta 'n an cridhe. Cha 'n fheàrr iad na daoine aig nach 'eil gaol air am màthair oir is e an talamh ar màthair. Thàinig sinn uile as agus theid sinn uile ann.



NA H-IUDHAICH.

Ma's e an tilgeadh-san air falbh réiteachadh an domhain, cìod e an ath-ghabhail ach beatha o na marbhaibh.—Rom. xi. 15.

Bu mhaith leam beagan a ràdh anns an àireamh so as leth nan Iudhach. Tha fhios agam glé mhaith nach toigh le daoine na h-Iudhaich; na'n innsinn-sa ann an eaglais Bhlàir gu robh mi a' dol a bhruidhinn an ath Shàbaid nu obair an t-soisgeil am measg nan Iudhach bhiodh an eaglais leth fhalamh; agus tha a' cheart spiorad sin anns gach coimhthional eile anns an dùthaich. Cha 'n e mhàin gu bheil e anns gach coimhthional ach tha e anns gach cléir. Cha 'n aithne dhomh ach glé bheag mhinistearan aig a bheil suin air bith do'n oidhirp a thatar a' deanamh air na h-Iudhaich iompachadh. Rud nàrach, ach smior na fìrinn.

Bha na h-Iudhaich air an iomain bho thom gu tom bho chionn nan ceudan bliadhna, agus ma thòisicheas tu air an càineadh éisdidh daoine riut cho toileach 's ged a bhiodh tu a' càineadh a' Phapa no an Dia-bhoil. Anns gach tìr anns an do thuinich iad riamh rinneadh geur-leanmhuinn orra, agus dh' innseadh barrachd bhreug umpa na chaidh innseadh mu chinneach air bith eile. Theagamh gu'n d' fhuair iad coibhneas is ceartas anns an rìoghachd againn fhéin nach d' fhuair iad ann an àite eile riamh, ach eadhon ann am Breatunn bha iad air an cumail fodha, agus bha e daonnan furasda do dhaoine gun choguis droch thuaileas a thogail orra.

An àm a' chogaidh an uair a bha fearg oirnn ris an Turcach agus a chualas gu'n deachaidh réiseamaid de Iudhaich a thapaid leinn ann an Gallipoli. neo-ar-thaing nach robh meas air na h-Iudhaich an uair sin. agus nach robhtar toileach croitean a thoirt daibh ann an tìr a' gheallaidh a thuilleadh air an t-soisgeul. Ach cha 'n 'eil cuimhne air a sin an diugh.

Tha còrr is dà mhìle bliadhna bho thòisich na h-Iudhaich air a bhi air an sgapadh air feadh an t-saoghail, gun dachaidh gun dùthaich gun rìgh, ach an àite an dùthchas a chall no am fuil a mheasgadh ri fuil nan cinneach a thug tèarmunn daibh, tha shìochd Abraham an diugh fhathast 'n an sluagh dealaichte mar a bha iad anns na làithean

o shean. Tha e mar gu'm biodh freasdal an Tighearna ag oibreachadh ann an cùrsa an t-sluaigh so air thalamh, agus mar nach robh a rùintean sìorruidh d' an taobh air an coimhionadh fhathast. Bha Pol de'n bheachd nach do thilg Dia air falbh na h-Iudhaich gu buileach, agus gu'n tigeadh iad air an ais agus gu'm biodh Israel uile air an tèarnadh, — *Ma's e an tilgeadh-san air falbh réiteachadh an domhain; cìod e an ath-ghabhail ach beatha o na marbhaibh?*

Rinn an eaglais Chrìosduidh geur-leanmhuinn air na h-Iudhaich anns na làithean a dh' fhalbh agus bhiodh e maith d'a cridhe agus d'a coguis féin na'm feuchadh i ri folach a chur air a cionta le bàigh a ghabhail riu a nis agus an fhìrinn a thoirt daibh ann an gradh. An uair a bha Sacheus air iompachadh bha iarrtus 'n a chridhe air na rinn e ceàrr ann an làithean 'aineolais a chur ceart, “Ma thug mi aon ni o neach air bith le casaid bhéige tha mi a' toirt dha a cheithir uiread.” Tha an t-iarrtus sin ann an cridhe gach duine anns a bheil coguis fhallan, agus saoilidh mi gu bheil e mar fhiachaibh air an eaglais cho mhaith 's a tha e mar fhiachaibh air duine, a peacaidhean aideachadh agus an rud a rinn i ceàrr a chur ceart.

Ged nach biodh aobhar eile idir air ùigh a ghabhail ann an cor nan Iudhach, nach bu leòr an t-aobhar e gu bheil sinn fo fhiachaibh dhaibh cho mòr, oir is ann bhuaipa a fhuair sinn an Solus. A h-uile Sàbaid tha sgrìobturann nan Iudhach air an leughadh ann an eaglaisean Chrìosduidh; thug iad dhuinn fàidhean is salmadairean is abstoil, agus thug iad dhuinn mu dheireadh Iosa féin. Solus an t-saoghail. Ma's sinne a shluagh-san is e iadsan a shluagh cuideachd, agus bu chòir duinn a chuimhneachadh gu'n do rinn Dia 'n an aon sinne agus iadsan.

Anns na làithean o shean bha tairgse an t-soisgeil air a thoirt do na h-Iudhaich an *toiseach*, ach an diugh tha na h-Iudhaich air an cur air *dheireadh*, air neo air an fàgail a mach uile gu léir. Daoine a bheir còig puinnnd Shasunnach le am beannachd do aobhar an t-soisgeil am measg nan cinneach, cha toir iad ach leth-chrun do shìochd Abraham, agus bheir iad seachd an leth-chrun sin fhein gun am beannachd.

Bidh na daoine a tha meagh-bhlàth nu obair an t-soisgeil am measg nan Iudhach ag innseadh dhuinn gun sgur nach 'eil an obair

a' soirbheachadh idir; gu bheil cridheachan nan Indhach cruaidh, agus nach 'eil iad furasda am iompachadh. Tha sin uile fìor; de 'n chloinn Iudhach a tha air an teagasg ann an sgoilean Crìosduidh cha 'n 'eil ach àireamh bheag ag aideachadh Chrìosd. Ach ma tha an obair duilich cha 'n aobhar sin gu'n sguireadh an eaglais dhi uile gu léir. Theagamh gu bheil beagan de 'n choire againn fhéin na h-Iudhaich a bhi cho dan-arra an aghaidh a' chreidimh Chrìosduidh, oir thatar ag iarraidh orra cleachdaidhean an aithrichean a threigsinn m' an gabhar riu ann an comunn nan Crìosduidhean. Far a bheil Spiorad an Tighearna tha saorsa, agus cha bhiodh e 'n a chall ach 'n a bhuanachd na 'n leigeamaid leis na h-Iudhaich a tha creidsinn ann an Crìosd leantail ris na deas-ghnathannan aca fhéin. Sin an dòigh a bha aig Calum-Cille.

Bha na h-Iudhaich riamh, agus tha iad an-diugh fhathast, fo chumhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich. Ged a bhithear a' cur as an leth gur e an tàlanta is sònruichte a tha aca a bhi maith air airgid a dheanamh, tha tàlanta aca as fheàrr na sin. Tha tart 'n an anam an geall air an Dia bheò, agus tha iarrtas aca air a rùintean a raunsachadh. An uair a bha 'geur-leanmhuinn air a dheanamh orra agus a bha iad ag itheadh an arain ann an searbhadas cridhe, cha 'n 'eil teagamh nach do thuit mòran aca air falbh agus nach d' fhuaraich an gaol air na nithean ata shuas. Leig iad seachad an diadhaidheachd agus thòisich iad air aoradh a dheanamh do Mhamon, a' deanamh diogh-altais air an eascairdean le bhi a' toirt daibh iasad airgid, a' spùilleadh nan Crìosduidhean mar a spùill iad na h-Eiphitich. Ach bha iarmad 'n am measg daonnan nach do lùb an glùn do Mhamon; ann an làithean na geur-leanmhuinn fhuair iad sin leigheas air son leòn an cridhe, cha 'n ann anns a' mharsantachd ach ann an ùrnuigh, a' feith-eamh le foighid mhaith ri Dia agus dòchas aca ri sòlas Israeil.

Cha 'n Israelich iad uile ata o Israel; is e an t-iarmaid so an sliochd dligeach aig Abraham d'an d' thug Dia na geallaidhean, agus do bhrìgh gu bheil facl an Tighearna seasmhach, thig iad so fhathast air an ais agus bithidh iad air an tèarnadh. Agus an sin dealraichidh solus na h-eaglais mar nach do dhealraich e riamh roimhe, oir bheir na h-Iudhaich a steach innte tàlantan is tiòdh-lacan nach h-urrainn cinneach air bith eile a thoirt a steach innte ach iad féin.

Air sgath an aithrichean bu choir ùinn bàigh a bhi againn riutha agus a bhi ag ùrnuigh ri Dia gu'n tugadh e air falbh an sgàile a tha air an sùilean.

LAIMH RI UISGEACHAN CIUIN.

A bheil cuimhne agad, a leughadair, air an t-seanchas so a bha eadar Bodach nan Ceist agus a charaid?

"Tiugainn, siòs gu taobh na h-aibhne," arsa Socrates, "agus an uair a gheibh sinn cùil bheag bhòidheach suidhidh sinn agus gabhaidh sinn fois."

"Nach maith nach 'eil mo bhrògan orm," arsa Phaedrus, "agus gu bheil mi cas-ruisgte coltach riut fhéin; tha mi glé thoil-each dol siòs a dh' ionnsuidh na h-aibhne oir is gasda leam mo chasan a chur anns an uisge aig an àm so de'n bhliadhna."

"Tiugainn, ma ta, agus bi furachail air son àite anns an suidh sinn."

"A bheil thu faicinn na craoibhe ud thall?"

"Tha mi 'g a faicinn."

"Gheibh sinn, ma ta, dubhar agus fionnarachd foidhe, agus feur tioram air an leig sinn 'n ar sineadh."

Thàinig an seanchas so 'n an chuimhne an-diugh an uair a shuidh mi leam fhéin air bruaich na h-aibhne a tha dol seachad air beulaobh an tighe agam, ach ged tha meas gu leòir agam-sa air Bodach nan Ceist bu cho mhaith leam companach eile a bhi 'n a shìneadh air an fheur còmhla rium an-diugh fhéin. Cleas an amadain a chaidh do'n tràigh, cha toigh leam a bhi ri dà rud aig an aon àm, agus tha mi glé chinnteach nach bithinn fhéin agus am bodach fada còmhla an uair a thòisicheamaid air argumaid. Tha e feumail dol ann an argumaid air uairean, ach cha 'n e taobh na h-aibhne an t-àite air a son; làimh ris na h-uisgeachan ciùin is fheàrr do dhuine a bhi sàmhach agus fois a ghabhail, cothrom a thoirt do fheartan iocslainteach a' chruinne a spiorad ùrachadh.

Uair a thachair dhomh a bhi anns an Eiphit, air mo phianadh leis an teas. Bha aon bhruadar a bha tighinn air ais thugam a h-nìle oidhche. Bhithinn 'gam fhaicinn fhéin air bruaich na h-aibhne far a bheil mi an dràs 'n am shuidhe agus mo chasan fodha anns an uisge gu ruig na gluinean. Sin brudar a bu taitniche a chunnaic mise riamh, agus ged a dh' fhaodas tusa, a leugh-adair, dol a mhagadh orm an uair a thèir mi riut gu robh leigheas anns a' brudar sin ann an da-rìreadh, tha mi coma, oir tha mi cinnteach gu bheil an rud a tha mi ag ràdh fìor. Tha inntinn is bodhig mhic an duine cho dìomhair agus cho do-rannsaichte ris a' chuan, ach tha e mòran na's fhasa a chreidsinn gu bheil cuibhlichean na beatha air an cur mu'n cuairt leis na smuaintean a thig 'n a cheann seach le cungaidh a

theid a steach 'n a bheul. Na'n rachadh agad air toirt air daoine tinne iad fhéin fhaicinn slán, eadhon ged nach fhaiceadh iad e ach ann am brudair, agus ged nach maireadh am brudair ach aon mhionaid, bhiodh sin cho mhaith dhaibh ri dad as urrainn an dotair a dheanamh air an son.

Cha 'n 'eil uair a bhios mi lean fhéin nach 'eil mi toilichte gu'n d' ionnsaich mi cuid mhaith de bhàrdachd ann an làithean m' òige. oir ciod air bith àite an téid mi tha companach maille rium, agus ciod air bith a chi no dh' fhaicicheadh mi thig facail gu m' chuimhne a dhùblaicheadh mo shòlas. Sin an t-seirbhis a tha na bàird a deanamh do 'n t-saoghal; tha iad a' cur ann am briathran simplidh is maiseach faireachduinnean a dh' fhiosraich sinn uile ach nach b' urrainn duinn a chur ann an cainnt. Ged nach robh aobhar eile idir gu'n ionnsaicheadh clann bàrdachd air an teangaidh bu leòr an t-aobhar so, gu'n sàbhail sin iad o'n inntinn fhalamh an uair a bhios iad a' gabhail an rathaid leò féin, air neo anns an oidhche an uair nach fhaigh iad cadal. Is maith an t-ullachadh do dhuine air son a sheann aois companach a dheanamh de Uilleam Wordsworth ann an làithean òige. Thug an duine sin barrachd sòlais do m' chridhe féin na fhuair mi anns na choisinn mi riamh de airgiod.

Ach is maith an companach Daibhidh an uair a bhios duine 'n a shuidhe leis fhéin làimh ris na h-uisgeachan ciùin, oir cha deachaidh bàrdachd eile riamh a sgrìobhadh a fhuair greim cho làidir air cridhe an t-saoghail ris an t-salm mhilis anns a bheil esan ag innseadh mar a dh' aig Dia anam air ais dha, 'ga threòrachadh ri taobh nan aibhnichean agus ann an cluaintibh gorma. Tha an treas Salm thar fhichead am measg nan salm eile mar tha an uiseag am measg eòin a' chiùil, 'n a ban-rìgh am measg nigh-eannan a chiùil. Dh' fhuasgail i ceistean a dh' fhaireachadh air na feallsanaich, agus shlànuich i cridheachan leònta a dh' fhaireachadh air diadhairean is dotairean.

Anns an eadar-theangachadh a rinn an t-Ollamh Iain Mac Illeathain nach maireann air a' Bhiobull dh' atharraich e cuid de na facail anns an t-salm so, ach air a shon sin cha'n e milleadh ach maitheachadh a rinn e oirre. Am measg facail eile a dh' atharraich e chuir e *cluaintean gorma* ann an àite *cluainibh glas*, agus *uisgeachan foise* ann an aite *uisgeachaibh ciùin*. Ged a theirear talamh glas no glasach ri talamh a tha mach fo fheur. gun a bhì air a threabhadh, is e gorm an dath as dlùithe do dhath an fheòir, air chor agus gu bheil e ceart a ràdh, *cluaintean gorma*. Bha sùilean nan

Gàidheal a' faicinn *buidhe* ann an dath an fheòir, oir theireadh iad *Là buidhe Beall-tainn*; agus a réir an luchd-ealain bha iad ceart. Tha dathan daonnaan duilich dealachadh a chur eatorra; tha e duilich facail fhaotainn air son gach lannir is lì. cho duilich 's gu'm fairtlich e air na mnathan féin a dheanamh, ach tha e na's duiliche ann an Gàidhlig na tha e anns a' Bheurla. Am bu mhaith leat, a leughadair, a bhì air do cheasnachadh anns na facail so, bàn, is geal, is liath, is glas, is gorm is uaine!

Leis an fhacal *uisgeachaibh ciùin* bhatar a' tuigsinn uisgeachan a bha siubhal gu réidh mall, uisge balbh gun sruth, ach cha 'n e sin idir an smuain a bha ann an inntinn Dhaibhidh. Bha esan a' ciallachadh uisgeachan far am faigheadh daoine fois no ùrachadh, mar ata Isaiah ag ràdh, "Gabhaidh mo shluagh còmhnuidh ann am fàrdaich fhoistnich, agus ann an ionadan-còmhnuidh tèaruinte, agus ann an àitean-tàimh suaimhneach." Mar sin bha an t-Ollamh Mac Illeathain ceart gu leòir am facal atharrachadh agus uisgeachan foise a chur 'n a àite.

Mar is eòlaiche a tha mi a' fàs air a' Bhiobull Ghàidhlig is ann is mò a tha agam de mheas air na seann sgoilearan a rinn e, na Stiubhardaich agus an fheadhainn eile a bha 'g an cuideachadh. Bha an t-Ollamh Mac Illeathain, is theagamh aon no dhà eile, na b' fheàrr na 'n t-seann fheadhainn air Eabhra is Gréigis, air chor agus gu'm b' urrainn daibh beagan ceartachaidh a dheanamh air an obair aca, ach cha b' aithne dhaibh Gàidhlig mar a b' aithne do na Stiubhardaich. Anns an linn so faodaidh e bhith gu bheil trìuir no cheathrar ann d'an aithne na trì chànaichean, Eabhra is Gréigis is Gàidhlig, cho mhaith 's gu'm b' urrainn daibh obair nan Stiubhartach a chàradh, ach tha mi cinnteach nach 'eil aon duine beò a b' urrainn an obair-san a dheanamh as ùr. A dh' aindeoin gach ceartachadh is maitheachadh a rinn an t-Ollamh Mac Illeathain agus an fheadhainn a bha 'g a chuideachadh air a' Bhiobull Ghàidhlig, agus rinn iad sin, iomadh ceartachadh is càradh snasmhor, tha fuaim is blas na Gàidhlig, dealbh is cumadh an leabhair, air fhàgail mar a chrìochnaich na Stiubhardaich e, agus cha b' urrainn duine eile sin atharrachadh gu a mhilleadh.

Tha e mòran na's fhasa an Seann Tiomnadh a chur ann an Gàidhlig na tha e an Tiomnadh Nuadh. Bha aithrichean nan Iudhach mòran na bu dlùithe dhuinn 'n an smuaintean na bha Pol. Tha mi an dùil gu bheil na smuaintean a bha ann an inntinn nam fàidhean agus nan daoine a sgrìobh na sailm a cheart cho soilleir ann an Gàidhlig

's a bha iad anns an Eabhra, ach cò a ghabhadh air fhéin sin a ràdh mu Phol? A thaobh soilleireachd is maise is mòralachd cha 'n aithne dhomh litreachas air bith a bheir bàrr air criomain de na fàidhean agus cuid de na sailm ann an Gàidhlig; tha an Seann Tiomnadh uile maith ach tha cuid dheth òirdhearc. Ach ghabhadh an Tiomnadh Nuadh a bhi na b' fheàrr na tha e fhathast.

Bho chionn ghoirid chuala mi ministear a' leughadh anns an eaglais caibideal á litir a sgrìobh Pol, agus thàinig an smuain 'n am inntinn nach robh anns na bha e a' leughadh ach fuaim ann an cluasan an luchd-éisdeachd, nach robh duine beò anns an eaglais a' tuigsinn nam briathran agus nach robh am fear a bha 'g an leughadh 'g an tuigsinn, *ach a mhàin gu robh cuimhne aige air a' Bheurla*, agus gu robh sin a' toirt beagan soluis da. Theagamh gu robh iad a' saòilsinn gu robh iad 'g an tuigsinn, a chionn gu robh iad eòlach gu leòir air na briathran agus air fuaim nan rann, *cliu glòire a ghràis, a chum frithéaladh lànachd nan aimsir, geall-daingnich ar n-oighreachd gu teachd saorsa na seilbhe*, agus briathran eile mar sin.

Na tog ceàrr mi, a leughadair, agus na saoil gu bheil mi a' faotainn coire do'n fhear a bha a' leughadh no do'n fheadhainn a bha ag éisdeachd. Cha 'n 'eil idir; is fhada bhuan sin a dheanamh; tha mi 'g am chur fhéin air an aon ghreideil riu, ged a theid agam air Gàidhlig air bith a thuigsinn ma tha i meadhonach soilleir idir. Bha a' choire uile aig Pol agus aig an fheadhainn a thionndaidh na litrichean aige gu Gàidhlig. Tha e anabarrach duilich smuaintean Phoil a chur ann an Gàidhlig, cho duilich 's nach gabh e deanamh, ma leanar na riaghailtean agus na cumhachan a chuireadh air na daoine a bha ag eadar-theangachadh a' Bhiobuill. B'e aon de na riaghailtean sin litir an leabhair a leantuinn gu dlùth, facal air an fhacal. Gabhaidh sin-deanamh gun teagamh, ach an uair a tha an obair ullamh, agus Pol air a chur anns an deise Ghàidhealaich cha 'n aithneadh e e fhéin. Ged a dh' fhaodas facal ceart Gàidhlig a bhi air a chur mu choinneamh a h-uile facal Greigis, cha 'n 'eil agad air a cheann mu dheireadh ach pios de dhroch Ghàidhlig a tha na's duiliche a tuigsinn na a' Ghréigis fhéin, agus rud as mìosa air fad, tha smuaintean Phoil air am folach bhuaite anns a' cheò.

Is e Pol duine as duiliche a thuigsinn anns an Tiomnadh Nuadh. Feumaidh e bhith gu robh e simplidh gu leòir mar shearmonaiche. oir mur bitheadh cha bhiodh e cho cumhachdach 's a bha e, ach cha 'n 'eil e simplidh 'n a litrichean, agus cha b' iongnadh ged

thuir Peadar gu robh mòran nithean anna a bha duilich an tuigsinn. Bha dòigh-labhairt dha fhéin aige am measg nan abstol, dòigh-labhairt a dh' ionnsaich e ann an sgoil nan Rabbaidhean, agus tha an dòigh-labhairt sin a' milleadh mòran d'a litrichean. Ged a tha e 'n a chleachdadh aig daoine a bhi moladh sgoilearachd Phoil, ma dh' innsear an fhirinn, cha robh ann an cuid de'n sgoilearachd sin ach an fhìor pheasanachd, agus b' fheàrr dha gu mòr a bhi as a h-eugmhais. Air aon duilleig ann an litrichean Phoil gheibh thu smòr a' chruithneachd, briathran sòluimte is smuaintean domhain air a bheil dreach a' ghliocais ata o shuas, ach air an ath duilleig tachraidh am moll ort, bearradair-eachd cainnte is argumaidean suarrach anns nach 'eil taic no seadh. Cò an diugh a labhradh mu mbuathan no mu'n phòsadh mar a rinn Pol, no cò a dh' éignicheadh facal an Tighearna mar a rinn e an uair a thòisich e air bruidhinn air dithis mhac Abraham.

An uair a thòisicheas tu air briathran Chrìosd is briathran Phoil a chur ann an Gàidhlig chi thu gu bheil iad cho fada bho chéile 's a tha a' ghrian o'n ghealaich. Tha tuar ar dùthcha féin air briathran an t-Slànuigheir air chor agus gu'm faodadh tu a shaoilsinn gur e sean-fhacail a tha anna, ach tha tuar na Gréige air briathran Phoil. is tha àileadh sgoil nan Rabbaidhean dhiubh air chor agus gu bheil iad mar ghuth á saoghal eile. Ach air a shon sin bu nluath leam an litir a sgrìobh Pol a chum nan Ephesianach a chur ann an Gàidhlig, gun a bhi air mo cheangal ri litir an leabhair, no gun chuing air bith eile orm ach a mhàin an rud a bha ann an inntinn Phoil a dheanamh soilleir.

Cha 'n 'eil iongnadh ged a bhiodh gaol agam air abhainn Gharaidh, oir tha a h-uisgeachan 'n an uisgeachan foise do m' chridhe, agus a cluaintean gorma 'n an cluaintean foise do m' bhodhig. Ged nach do chuir mi riamh dubhan innte tha mi glé chinnteach gu'n d' fhuair mi sòlas is togail-cridhe bhuaie nach d' fhuair na h-iasgairean a tha ag iarraidh bhradan innte. Fad na h-ùine a bha mi 'n am shuidhe air a bruaich an diugh bha seann seanalair agus slat fhada chaol aige ag ialadh gu fàilidh o linne gu linne, a' siabadh mhadhar ris na h-éisg. Bha a cheann 's a phòcannan làn chuileagan, agus thàinig e fodham sméideadh air agus fhoighneachd dheth cìod e a bharail air Pol. Ach leig mi leis, air eagal gu'n saoilleadh e gu'n robh mo cheann-sa làn sheilleinean. Sin agad tomhseachan, a leughadair; cò is fheàrr do dhuine cuileagan no seilleinean a bhi n' a cheann.



MAR NA LEANABAN.

Mur iompaichear sibh, agus mur bi sibh mar leanaban, cha teid sibh air chor air bith a steach do rìoghachd nèimh. Mata. xviii, 3.

Chuala mi fichead searmon agus an còrr air a' cheann-teagaisg so, ach ged bha iad uile maith agus cuid dhiubh ro-mhaith, cha chuala mi searmon riamh a rinn soilleir dhomh ciod a bha ann an iuntinn Chrìosd an uair a labhair e na briathran so. Dh' fheuch mi iomadh uair ri searmon a dheanamh orra mi féin ach tha an searmon sin gun deanamh fhathast, a chionn nach 'eil mi uile gu léir cinnteach ciod an fhàr rud a bha Chrìosd a' ciallachadh.

Glé thrìc is e a chluinneas tu ann an searmon agus a leughas tu ann an leabhraichean a tha a' mìneachadh na h-earrann so, gur e irioslachd na cloinne a bha Chrìosd a' moladh do na daoine mòra. Agus mar dhearbhadh air a sin bheir iad dhuit an ath rann, 'Cò air bith a dh' òslicheas e féin mar an leanabh so is esan a's mò ann an rìoghachd nèimh.'

Cha 'n 'eil teagamh air bith agam-sa nach e irioslachd aon de chomharraidhean na diadhaidheachd, ach cha 'n e irioslachd aon de shubhailcean na cloinne. Ged nach 'eil clann agam-sa dhomh féin tha gaol agam air cloinn, agus is e aon de shòlasan mo bheatha a bhì 'g an teagasg agus a bhì air mo theagasg leò, ach cha 'n fhaca mi riamh annta coslas na h-irioslachd. Agus taing do Ni-Maith nach fhaca, oir cha bhiodh an irioslachd nàdurra dhaibh. An uair a dh' iarr Dia air Gideon dol air cheann a shluaigh gus an saoradh bho làimh Mhidiain ghabh Gideon an t-eagal oir cha robh e cinnteach as féin, agus thubhairt e ri Dia, "Co mise gu'n teasairginn Israeil, oir is e mo theaghlach a's bochda ann an Manaseh, agus is e mise a's lugha ann an tigh m' athar." Sin agad irioslachd, ach cha 'n fhaighear a shamhail sin an measg na cloinne. Iarr thusa, a leughadair, air do mhac féin. aois dheich bliadhna, dol còmhla riut an aghaidh mhilitean de Russianaich no de Ghearmailtich a tha air chùl a' chnuic, agus thoir dha seann speal leis an gearr e dhiubh na cinn, agus theid mise an urras air nach abair e an rud a thubhairt Gideon.

B' aithne do Chrìosd a' chlànn na b' fheàrr na gu'n abradh e gu robh iad iriosal. Ma bheir thu dhaibh an toil suidhidh iad daonn-

an anns na ceud chaithrichean, agus togaidh iad an guth gun fhiamh roimh dhaoine ionnsaichte is eagnaigh. Ma gheibh iad luchd-èisdeachd a dh' fhosglas an sùilean farsuing gu leòir cha chuir e nàire air bith orra bòilich is spagluinn a dheanamh, agus cha 'n 'eil rud air an t-saoghal as fheàrr leò na bhì 'g am faicinn fhéin a' deanamh euchdan nach cualas riamh an leithid. Pàisde air bith a tha iriosal anns an t-seadh anns an cleachdar am facal sin gu cumanta, cha phàisde nàdurra e.

Ciod air bith a bha Chrìosd a' ciallachadh, cha robh e a' cur as leth na cloinne irioslachd de'n t-seòrsa so, agus bidh e air uairean a' tighinn a steach air m' inntinn gu'n do chuir Mata amladh beag anns an naigheachd agus nach d' thug e dhuinn i, facal air an fhacal, mar a labhair Chrìosd. Faodaidh gu'n do chuir e rithe briathran a labhair Chrìosd aig àm eile, oir tha e glé choltach nach ann aon uair ach iomadh uair a thubhairt Chrìosd ri daoine, "Mur òslich duine e féin cha 'n 'eil e idir iongantach gu'm biodh amladh beag air a chur ann an briathran Iosa leis na soisgeulaichean, oir bha e duilich dhaibh a h-uile facal a labhair e a chumail air am meomhair, agus gun iad air an sgrìobhadh ann an leabhar fad iomadh bhìadhna an déidh a bhàis.

Tha cuid de dhaoine an dùil gur e neochiontas na cloinne a bha ann an inntinn Chrìosd 'n uair a labhair e am facal so, agus gur e sin an dòigh anns am feum muinntir na rìoghachd fàs mar leanaban. Tha a' chlànn neochiontach gun teagamh, cho neochiontach ris na h-uain, ach ged bu mhaith dhuinn uile na'n robh sinn coltach riut anns an dòigh sin tha an rud eucomasach. Tha a' chlànn neochiontach a chionn nach 'eil eòlas aca air olc no air an t-saoghal, ach cha 'n e sin an neochiontas a tha Dia ag iarraidh annainne. Cha 'n 'eil e ag iarraidh neochiontas nam pàisdean no neochiontas nan aingean, ach neochiontas *dhaoine* a bha air am buaireadh leis an Diabol agus leis an fheadh ach nach do ghéill do'n bhuaireadh, daoine a tha anns an t-saoghal gun a bhì dheth, daoine d' an aithne peacadh ach a ghabh gràin dheth an uair a dh' amhairc iad air a thoradh ann an crann-ceusaidh Chrìosd. Theid aig na naoimh air ruighinn air irioslachd ach cha ruig iad gu bràth air neochiontas nan leanaban. Cha ruig air sin ach na leanaban fhéin.

Ann an leabhraichean nan diadhairean a sgrìobh mu'n earrann so gheibhear fichead rud air a ràdh mu'n chloinn a tha fìor gu leòir; fichead ceum air ainneachadh anns an biodh e maith do dhaoine mòra a' chlann a leantuinn. *Tha iad gun ghò; tha iad gun chealg; tha iad gun chùram; tha iad gun mheud-mhòr; creididh iad na na h-uile nithe; tha sùil aca ris na h-uile nithe; innsidh iad na h-uile nithe ata 'n an cridhe; tha iad làn àbhacais, is làn eagar, is làn ionghnaidh; tha mìle sùil 'n an ceann is mìle uinneag 'n an cridhe is cha téid dad seachad orra; tha urram is eas-urram, diadhaidheachd is toibheum, maothalachd is dànachd eagallach a' pògadh beul ri beul annta; tha an saoghal thall cho dlùth dhaibh 's a tha an saoghal a bhos, agus Dia is nèamh is ainglean.* Tha sin uile fìor, ach a dh' ain-deoin nach 'eil aon de na buadhan sònruichte so nach robh air a chomharrachadh a mach le diadhair no searmonaiche air chor-eigin mar an fìor rud a bha ann an inntinn Chrìosd an uair a labhair e am facal, tha mise an dùil nach robh Chrìosd a' smuaineachadh air gin dhiubh, agus nach robh dad eile 'n a inntinn ach gu'm feum a h-uile duine a tha ag iarraidh rìoghachd Dhé tòiseachadh air an beatha as ùr. Bha e a' bruidhinn ri daoine a bha ag iarraidh rìoghachd Dhé agus fhìreantachd ann an da-rìreadh; daoine aig an robh eud diadhaidh air son an lagha; a bha 'g an cunntas féin agus a bha air an cunntas le daoine eile fada na b' fheàrr na na peacaich. Bha e duilich do na daoine sin am peacaidhean fhaicinn no aithneachadh no aideachadh; duilich dhaibh a chreidsinn gu robh iad air an t-slighe cheàrr agus gu'm feumadh iad tòiseachadh as ùr. Ach is e sin a bha Chrìosd a' ciallachadh an uair a thubhairt e riu nach rachadh iad a steach do rìoghachd nèimh mur biodh iad air an òmpachadh no air an atharrachadh, agus mur fàsadh iad mar leanaban. Co dhiu, sin mar a tha mise a' tuigsinn an fhacail, facal a tha glé choltach ris an rud a thubhairt e ri Nicodemus, "Mur beirear neach a ris cha téid e steach do rìogheachd nèimh." Tha "*am breith a ris,*" agus "*a bhì mar leanaban*" a' ciallachadh an aoin ruid, gu'm feum daoine a tha ag iarraidh co-chomunn sòlasach a bhì aca ri Dia mar a bha aig Chrìosd, agus an t-sith agus an t-saorsa agus an creideamh a bha aige-san a mhealtainn, gu'm feum iad a dhòighean-san a leantuinn agus tòiseachadh as ùr.

Tha gu leòir de dhaoine a' gabhail orra gu bheil iad ag iarraidh rìoghachd Dhé, ach tha iad 'g a h-iarraidh 'n an dòigh fhein agus cha 'n ann ann an dòigh Chrìosd. Ach cha

'n fhaigh iad sin i gu bràth. Bha Chrìosd suarrach mu airgid, mu chombhfurtachd cuirp, mu ghloir shaoghalta, ach sin na ceart nithe as ion-mhiannaichte 'n ar sùilean-ne. Bha Chrìosd macanta is iriosal 'n a ghiùlan, a' creidsinn nach fhaighear buaidh air an t-saoghal le neart gairdein no le làmhachas-làidir ach le gràdh is ciùine is faighidinn. 'N ar smuaintean agus 'n ar dòighean tha sinne calg-dhìreach 'n a aghaidh sin; ma their sinn nach 'eil, tha sinn 'g ar mealladh féin, Cha 'n 'eil sinn féin no an sluagh d' am buin sinn iriosal no macanta, agus rud as mìosa air fad, tha sinn coma ged nach 'eil; is fhèarr leinn a bhì mar tha sinn. Na 'n toisicheadh duine air a bheatha a riaghladh a réir teagasg Chrìosd, a' creidsinn gu'n gabh sin deanamh agus gur e sin a bha Chrìosd a' ciallachadh leis an fhacal, *lean mise*, ann an aon seachduinn bhiodh e ann an saoghal ùr: bhiodh uiread atharrachaidh air, 'n a bheachdan agus 'n a ghiùlan, 'n a dhàimh ri Dia agus r'a cho-chreutairean, 's ged bhiodh e air a bhreith a ris. Is e sin a bha ann an inntinn Chrìosd an uair a thubhairt e gu'm feumadh daoine tòiseachadh as ùr agus a bhì mar leanaban ma bu mhaith leò dol a steach do rìoghachd nèimh.

Aon fhacal eile; cha ghabh rìoghachd nèimh a cosnadh; feumar gabhail rithe mar thiodhlac saor. Tha sin na 's fhasa do'n chloinn na tha e do dhaoine a dh' ionnsaich cleachdaidhean an t-saoghail agus a mhar-gaidh. "Paighidh mi mo rathad gun a bhì an eisiamail duine eile,"—sin agad dòigh nan daoine mòra. Ach gabhaidh a' chlann le làmh is cridhe fosgailte na bheir thu dhaibh.

CEUD BLIADHNA AIR AIS.

An là roimhe bha mi a' leughadh leabhair a bha air a sgrìobhadh le Tomas Somerville, D.D., ministir a bha ann an Jedburgh bho 1769 gu 1830. Bha e ceithir fichead 's a deich an uair a shiubhail e; b' aithne dha mòran dhaoine a bha ainmeil 'n an là agus 'n an linn, agus b' aithne dha suidheachadh na dùthcha a thaobh beatha is cleachdanan is biadh is aodach an t-sluaigh, air chor agus gu bheil iomadh rud aige r'a innseadh mu na làithean a dh' fhalbh.

Sgrìobh e dà leabhar eile a thuilleadh air an fhear so, leabhraichean mòra troma mu eachdraidh Bhreatuinn, ach dh' ith na leòmainn iad sin bho chionn fhada. Ach ma dh' ith, cha bu mhòr an call e, mur bu chall do na leòmainn e.

A dh' innseadh na firinn cha robh ann an Tomas Somerville ach duine tioram is searmonaiche fuar; ach bha cuimhne mhaith aige, eòlas farsuing, is tùr; agus sin buadhan inn-tinn a tha na's feumaile ann an seanchaidh na eud diadhaidh. Cha robh an t-eud diadhaidh cumanta anns na làithean ud, oir bha an dùthaich uile ach beag fo gheasaibh nam Moderates, ach a réir choslais bha Tomas Somerville air a chunntas an measg nam ministirean a b' fheàrr. Chòrd e ri Sir Walter Scott, agus cò mise, no eadhon cò thu féin, a leughadair, gu'm mallaicheamaid duine a bheannaich Sir Walter!

Cha b' ann gun dragh a bha Tomas Somerville air a shuidheachadh ann an Jedburgh. Cha robh an sluagh air a shon, oir shocruidh iad an cridhe air Tomas Boston, ministir anns a' choimhearsnachd a bha measail aig gach duine a bha measail air an t-soisgeul. Ach thug am bàs Boston as an rathad, agus nu d'fheireadh bha Tomas Somerville air a phòsadh ris an eaglais. Cha robh an coimhthional mòr; dh' fhàg a' mhòr-chuideachd de'n t-sluagh an eaglais.

An diugh cha 'n 'eil ach glé bheag de mhinistearan anns an dùthaich ag oibreachadh na glebe. Tha dà aobhar air sin; an t-aineolas agus a' bhochdainn. Cha 'n aithne dhaibh fearann oibreachadh; cha 'n 'eil eòlas aca air cur no buain. Theagamh gu'n aithneadh iad each seach mart, ach cha 'n aithneadh iad sguap choirce seach am buadhan ruadh. Ach a thuilleadh air nach 'eil sgil no sgoil an fhearainn aca, tha a' bhochdainn 'g an cumail sìos, agus is fheàrr leò a' ghlebe a leigeil fo choineanan seach a bhì cosg rithe.

Ach anns na seann làithean bha e na b' fhasa do mhinistir a' ghlebe oibreachadh na tha e an diugh. Cha robh aig seirbhisich ach pàigheadh beag, agus bha teaghlachan mhinistearan féin a' tighinn beò ann an tomhas mòr air toradh na glebe. Gheibh iad an diugh eadhon ann an crìochaibh iomallach na Gàidhealtachd buntata á Ionar-Ar, càise á America, min-choirce á Loudie, is lìon á Eirinn, na's saoire na gheibheadh iad iad as a' ghlebe aca féin.

Bha Tomas Somerville 'n a thuathanach maith; an measg gach barra eile a dh' fheuch e dh' fheuch e ri toirt air an tombaca fàs air a' ghlebe. Aig àm cogadh America dh' éirich prìs an tombaca cho àrd 's gu'n do thòisich daoine air an taobh so air a chur. Anns a' bhliadhna 1782 bha mìltean de acraichean anns an dùthaich eadar Dunéideann agus a' chrìoch Shasunnach air an cur fo thombaca; bha coig acraichean dheth air a' ghlebe aig Somerville. Ach cha robh am freasdal fàbharach; bha an t-earrach fadal-

ach, an samhradh fuar, agus an foghar fliuch, air chor agus nach d' thainig rath air an tombaca. A thuilleadh air sin stuig na marsantan mòra abhagan an lagha ann an tuathanaich an tombaca: thug an luchd-lagha a mach a' bhinn nach robh e laghail tombaca a chur ann an Albainn, agus gu'm faodteadh càin a chur air a h-uile duine aig an robh e, a réir achd Pàrlamaid a rinneadh ann an linn Thearlaich II.

Ach mur do rinn e airgid air an tuathanachd rinn e beagan airgid air na leabhraichean a sgrìobh e; plàigh banrigh Anna na b' fheàrr dha na'n tombaca. Thug marsanta leabhraichean dha còig ceud air son leabhar-eachdraidh a sgrìobh e, agus ann an 1800 shuidhich an rìgh ceud punnd Sasunnach 's a' bhliadhna de phension air.

Anns a' bhliadhna 1813 shìoch e a chas, agus a chur seachd na h-ùine gus am faodadh e a' cur foidhe, thoisich e air cumntas a sgrìobhadh air a bheatha féin, na daoine a b' aithne dha, an t-atharrachadh a bha a' tighinn air an dùthaich 'n a latha, agus nithean eile de'n t-seòrsa sin. Fhuaradh làn-an-dùirn de na paipearan sin an déidh a bhàis agus bha iad air an cur a mach ann an leabhar. Sin an leabhar a bha mise a' leughadh an là roimhe, agus anns an d' fhuair mi am fiosrachadh a leanas.

Ann an 1760 cha robh ach glé bheag de na daoine bochd ann an Albainn air an robh stocainnean. Ann an tighean nan uaislean bhiodh na searbhantan aig an obair anns a' mhaduinn agus an casan ris; chuireadh iad ann brògan orra anns an fheasgar. Neò-artaing nach feuchadh daoine ri iad féin a sgeadachadh 'n uair a rachadh iad gu mòd; chuireadh bodaich ad bhiorach orra is claidheamh air an leis, ach aig an tigh bha uaislean is ìslean cho luideach ri Ceit luideach fhéin. B'e aodach gorm a bhiodh air na ministearan.

Cha 'n fhaca e riamh buntata air a chur ann an achadh gu 1760. Roimhe sin bha e air a chur ann an gàraidhean, agus bha e na bu daoire na mhin-choirce. Dheanadh na bu lugha de bhuntata feum ann an linn Shomerville, oir cha robh uiread de mhucan anns an dùthaich 's a tha innte an diugh. Mu choinneamh a h-uile cnap a tha na daoine ag itheadh tha na mucan ag itheadh deich. Cha bu toigh leis na seann daoine feòil muice; cha 'n 'eil fhios agam c'ar son nach bu toigh leò i; theagamh nach robh ann ach seòrsa de neònachas Iudhach.

Ceud bliadhna roimhe so cha robh seirbhisich is luchd-obair a' faotainn ach glé bheag feòla. Cha robh bùidsearan ann, ach a mhàin anns na bailtean mòra; mharbhadh na tuathanaich dhaibh féin ann mart no ann beathach

nach gabhadh reic. Ann an 1770 bha feòil mairt a' cosd bho dhà sgillinn gu ceithir sgillinn am punnd; feòil uain trì buinn-a-se am punnd; im ceithir sgillinn is caise trì sgillinn am punnd. Bha am punnd fhéin na bu truime na tha e an diugh; bha seachd unnsacha deug gu leth ann am punnd feòla, is ceithir unnsacha fichead ann am punnd ime.

An uair a chaidh am ministir so air cheann tìghe dha féin b'e an tuarasdal a bha aig na searbhantan aige, deich tasdain fhichead aig té dhiubh is coig tasdain fhichead aig an té eile anns an leth-bhladhna. Bha dà phunnd Shasunnach aig a' ghille a bha ag oibreachadh an fhearainn.

Bha na tighean dubh is dorcha, is salach. Bha leaba anns a' h-uile seòmair agus is ann glé annamh a gheibheadh duine leaba dha féin. Bha breac is fiabhrus air feadh na dùthcha gun sgur, clann an t-salchair.

Bha sùgradh is aighear aig bannsean anns an t-seann t-saoghal nach 'eil aca an diugh. Mar bu bhitheanta bha am pòsadh air a dheanamh anns an eaglais, an t-àite as freagarraiche air a shon. Ach ann an Albainn an diugh cha 'n 'eil pòsadh as a' cheud air a dheanamh anns an eaglais; tha e air a dheanamh anns an tigh-òsda. Bhiodh fìdhleir air cheann na cuideachd a' dol do'n eaglais; dh' fhanadh e aig an dorus gus an tigeadh a' chàraid òg a mach agus rachadh e air an ceann a rithist a dh' ionnsuidh an tìghe anns am biodh a' chuirn deas. Air uairean bha a' chuirn a' marsainn seachduinn. Tha daoine a làthair fhathast aig a bheil cuimhne air bannsean a mbair trì làithean. B' aithne dhomh duine ann an Gleann-Urchadainn, agus 'n uair a dh' fhoighneachd mi dheth c' uin a thàinig e do'n ghleann an toiseach thubhairt e gu robh sin furasda gu leòir dha innseadh; "thàinig mi, ars' esan, air an treas là de bhanais Aonghuis G —, agus tha fhios agad fhéin c' uin a phòs Aonghus."

B'e aon de na nithean d' an do mhothaich Tomas Somerville, gu robh barrachd smachd aig pàrantan is maighstirean-sgoile air a' chloinn ann an làithean 'òige na bha aca ann an deireadh a bheatha. Tha a' chainnt sin glé choltach ri cainnt air a bheil sinn glé eòlach an diugh, agus a réir choslais, bha an gearan so air a dheanamh bho thoiseach an t-saoghail. Theagamh gu'n abradh Metuselab nach robh a m'ac Lamech a' togail a chloinne cho umhail 's a bha e féin air a thogail le 'athair. Tha bann ann eadar pàrantan is clann is fheàrr na eagal na slaite. Coma leam aithrichean a bhios a' cumail am balach fad an gàirdean bhuapa; cha tig as a sin

ach coslas na dleasdamachd gun a gaol. Ge maith an smachd is fheàrr an cridhe tuigseach; ge maith am modh is fheàrr an companas. An dé fhéin bha tighearna beag fearainn anns a' choimbearnachd ag innseadh dhomh (agus e a' deanamb spailp as) nach do shuidh a shean-mbathair riamh aig a' bhord gus an d' thug a sheanair cead dhi. Nach b'e an trusdar am bodach! Bu mhiosa e na Nabal. Bha a' bhanrigh nach maireann anabarrach teann air a cloinn; fada an déidh d'a mic tighinn gu ìre fhear bha i 'g an riaghladh mar nach robh annta ach pàisdean. Uair a bha am Prionnsa — Rìgh Eideard nach maireann—annoch air son na dinneir bha uiread eagail air roimh mhàthair 's ged a dheanadh e cron. Chunnacas a ann an oisean, a' suathadh fhalluis, le neapaicin, a' feuchainn ri sprachd a chur ann féin gu dol air a beulaobh. Bha am Prionnsa leth-cheud bliadhna aig an àm, ach ann an làthair a mhàthar leaghadh a dhuine-ealas mar chéir. A bheil iongnadh ann gu'n do ghabh am Prionnsa a rathad féin agus gu'n do tharruing e a shòlasan á tobraichean nach do bheannaich a mhàthair. Tha e na's fhasa do dhuine a bhi 'n a Chòirneal thairis air a chloinn seach a bhi 'n a chompanach daibh, oir cha 'n 'eil a' Chòirneileachd ag iarraidh ach guth mòr is inn-tinn mhaol is craicionn tiugh, agus tha an companas ag iarraidh cridhe blàth is earlais bheag de'n ghliocas ata o shuas, ach cho fad 's a tha an àird an ear bho 'n àird an iar cho fada sin tha an companas bho 'n Chòirnealachd, ann am maise agus ann an toradh a bheir iad a mach. Ma thogas màthraichean ballacha-meadhoin eadar iad féin agus an cloinn, faodaidh iad a bhi cinnteach gur e as deireadh d'a sin, gu'n dean am mic mar a rinn Solamh romhpa, gu'n toir iad an inn-tinn is rùintean an cridhe do mhnathan coimheach.

Ach tha an t-àm agam tilleadh air m'ais gu leabhar a' mhinistir. Tha e ag ràdh nach robh mòran sgoil air a thoirt do chaileagan ann an làithean 'òige; bha e air a shaoilsinn nach robh feum aca air ionnsachadh sam bith ach còcaireachd is fuaghal is banachastighe. Sin agad riaghladh nam bodach a rithist, agus na'm faigheadh iad an toil a dheanamh an diugh fhathast chuireadh iad a' h-uile caileag anns an dùthaich a bhleoghan cruidd, ach cha chuireadh iad gin idir a dh' ionnsachadh Fraingis. Na'm b'e an diugh an dé dheanainn-sa argumaid ris a' bhodach as leth nan caileagan, ach cha bhi mi aig an t-saothair tuilleadh, oir tha a' bhriogais an diugh air na caileagan fhéin, agus is maith is aithne dhaibh an còraichean a sheasamh.

[The page contains two columns of extremely faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the document. The text is too light to transcribe accurately.]



STAUD NAN NAOMH.

A thaobh staid nan naomh tha Leabhar aidmheil a' chreidimh a' teagasg gu bheil annanna nan creidmheach, aig uair am bàis, air an deanamh foirfe, agus a' dol a steach do ghloir, ged a chaidleas an corp anns an uaigh gu là na h-aiseirigh. An uair a bhios seanchas réidh sàmhach agam ri daoine mu nithean sòluimte na beatha so agus mu staid nam marbh, mar a bhitheas air uairean, agus gu sònruichte ri seann daoine, cha 'n 'eil ceist eile as bitheanta a chaidh a chur orm na cheist so, *An tachair sinn a rithist ri ar luchd-gaoil ann an nèamh?* Do dhaoine aig a bheil gaol air a chéile is e gath a' bhàis gu bheil e a' deanamh sgaraidh eatorra, agus b'e an sgeul a b' fheàrr leò a chluinntinn gu'n coinnich iad ann an nèamh agus nach bi dealachadh ann na's mò. Tha an dòchas so air a thoirt duinn ann an té de na laoidhean, ged tha mi an dùil gu bheil e air a chur na's làidire anns an laoidh na tha e anns an sgrìobtur air a bheil i air a stéidheachadh.

Fòs tamull beag, is ruigidh sinn
An caladh ait fadheòidh,
'S an coinnich sinn na sgaradh uainn
'S cha dealaich sinn na's mo.

Bu mhaith leam a ràdh a dh' aon ruith gur e so ceist nach urrainn mise no duine eile a fhreagairt. Cha 'n 'eil foillseachadh soilleir no cinnteach againn anns a' Bhiobull air a' chùis; ach ged nach 'eil dad anns a' Bhiobull air an urrainn cridheachan leònta greim a dheanamh cha mhò a tha dad ann a tha toirt bhuapa an dòchais gu'n coinnich iad r' an càirdean air taobh thall na h-uagha, agus gu'm bi caidreamh eatorra anns an t-siorruidheachd.

A dh' innseadh na firinn, is e so ceist nach d' thainig riamh a steach air inntinn nan abstol. Ann an làithean nan abstol, b'e Criosd a mhàin dòchas na glòire, agus b'e uile aoibhneas nan naomh gu'm biodh iad maille ris-san ann an nèamh. Anns an Tiomnadh Nuadh cha 'n 'eil aon fhacal mu ar luchd-gaoil am measg aoibhneas is sòlasan na siorruidheachd, ach a' h-uile facal mu Chriosd. Is e esan a mhàin solus is glòir nèimh; tha aoibhneas nan naomh a co-sheasamh ann a bhi maille ris-san. Sin teagasg an Tiomnadh Nuaidh, agus sin an dòigh anns an robh na h-abstol a' sealltuinn air a chùis, air chor agus gu'm faod e bhi fìor gu

bheil daoine a' call tomhas de'n fhìor dhòchas a thug Dia dhaibh, mar is motha a tha a' cheist so a' lìonadh an cridheachan, *An coinnich sinn ri ar luchd-gaoil?* Bha ministir ainmeil ann an siorramachd Rois a chaill a bhean agus iad le chéile glé òg. Bha i dha mar anail a bheatha, agus an déidh a bàis bhiodh e a' guidhe gu'n tigeadh am bàs air fhéin gus faotainn còmhla rithe. An ceann greis mhothaich e gu robh so a' tighinn eadar e agus Criosd, nach ann idir air comunn is làthaireachd Chriosd ann an nèamh a bha e a' smuaineachadh, ach air companas is caidreamh a mhnatha. Ach cha 'n e sin a gheibhear anns an Tiomnadh Nuadh, is e an dòchas ait a tha air a thoirt do shluagh an Tighearna anns an Tiomnadh Nuadh gu'm bi iad gu bràth maille ris an Tighearna; cha 'n e, gu'm bi iad gu bràth maille ri luchd an gaoil.

A mach o'n fhacal a tha air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh cha 'n 'eil urrainn eile as cinntiche na fianuis dhaoine diadhaidh a thug dhuinn an beachd air a' cheist so, agus bu mhaith leam leigeil le aon no dhà dhiubh sin am beachd innseadh do luchd-leughaidh na duilleig so, gun fhios nach toir e dhaibh comhfhurtachd anns an sgaradh a rinn am bàs 'n am beatha.

'N a seann aois sgrìobh Tomas Carlyle gu mhàthair, "A' h-uile uair a smuainicheas mi gu'm feum mi fhéin agus sibh féin dealachadh, thig crith is fuachd orm; cha 'n 'eil comhfhurtachd dhomh ann an rud air bith ach ann a bhi creidsinn gu'n ceadaich Dia dhuinn coinneachadh anns an t-saoghal eile."

Ann an 1881 sgrìobh Iain Ruskin gu Iain Brùn, an lighiche glic is caomhail, "Tha m' athair, agus mo mhàthair, agus mo bhanaltrum ghaolach, a' feitheamh orm ann an tìr Immanuel Shuas."

An uair a chuala Tomas Chalmers mu bhàs caraid sònruichte air an robh meas mòr aige sgrìobh e, "Bha caidreamh milis eadaruin air thalamh, agus tha mi ag altrum a mheud 's a tha an soisgeul a' toirt dhomh de dhòchas gu'm bi caidreamh milis eadaruin ann an nèamh cuideachd."

Tha a' bheachd fhéin aig a h-uile duine mu neamh; ach ged a dh' fhaodas nach 'eil fois shiorruidh nan naomh cho ion-mhiannaichte ann an sùilean na gineil so 's a bha e ann an sùilean an aithrichean, tha mi an dùil gur e sin am facal as fheàrr a chaidh riamh a labhairt mu staid nan naomh, *dh' fhàgadh fois*

fa chomhair sluagh Dhe. Ann an nèamh tha fois is sìth is aonachd is solas siorroidh maille ri Crìosd. Dh' aithnich na deisciobuil air beinn a' chruth—atharrachaidh Maois is Eilias ged nach fhaca iad riamh iad anns an fheòil, agus faodaidh e bhith nach e a mhàin gu'n aithnich sinn anns an ath shaoghal na càirdean a b' aithne dhuinn anns an t-saoghal so ach gu'n aithnich sinn na naoimh nach fhaca sinn riamh, faidhean is martaraich is abstoil.

ANNS A CHATHAIR.

Air an t-seachduinn so chaidh bha e anns na paipearan-naigheachd gu robh an t-Urramach Niall Mac Phàrlain, B.D., air a shuidheachd ann an eaglais Chille-Sgumain, ach ged is beag aig an t-saoghal mhòr cìod a tha Niall Mac Phàrlain no muinntir Chille-Sgumain a' deanamh, bha taghadh a' mhinistir 'n a nì mòr ann an Cille-Sgumain fhéin, agus chuir e daoine do'n eaglais nach fhacas innte bho na shiubhail a' Bhanrigh Victoria, agus is iomadh bliadhna bhuaith sin. Cha 'n urrainn mi a ràdh le fìrinn gur e eud diadhaidh a tha cur a' bhùidseir do'n eaglais air dà cheann an latha, ach is e eud air choreigin a tha' g a chur a mach, ged a chuala mi gu'n d' thubhairt Dòmhnall Bàn nach e eud no eud a chuir a mach am bùidseir ach dùil a bhì aige gu'n suidhicheadh am ministir ùr a' ghlebe air. Aig an àm anns an robh muinntir Chille-Sgumain a' taghadh a' mhinistir bha litrichean eadar Seònaid Eachainn agus mi fhéin, agus theagamh gu'm bu mhaith le ar luchd-leughaidh litrichean Seònaid fhaicinn. Cha'n aithne dhòmhsa naigheachd innseadh mar is aithne do Sheònaid; sin an t-aobhar gu bheil mi a' toirt nan litrichean am follais. Tha ealain na teangaireachd aig na mnathan co dhiu; ma dh' innseas tu sgeul-rùin do fhìreannach theid i steach air an dara cluais 's a mach air a' chluais eile; ach ma dh' innseas tu sgeul-rùin do bhoirionnach theid i steach air an dà chluais 's thig i mach air am beul.

Cnoc nam Fìtheach.

3/5/23.

“Chuir iad a' Chomadaidh air bonn an dé; na còig foirbhich, am maighstir-sgoil agus an gobhainn, fear an Droma agus am bùidseir, Iain Mac Coinnich agus Eòghan Ruadh, am Bàillidh agus Tom Elliot anns an tigh-òsda, trì deug uile gu léir. Chuireadh Iain Mac Coinnich oirre a chionn nach robh duine eile á ceann a deas na sgìreachd aig a' choinneamh ach e fhéin, agus chuireadh Tom Elliot oirre a chionn nach robh Comadaidh riamh ann an Cille-Sgumain gun Tom

Elliot a bhì oirre. Rinneadh an maighstir-sgoil 'n a chléireach a chionn gu bheil e 'n a chléireach aig an t-seisein co-dhiù, agus rinneadh am bàillidh 'n a cheann-suidhe a chionn nach bu toigh le duine eile de'n Chomadaidh dol 'na aghaidh. Bha làn cumain de litrichean aig a' chléireach bho mhinistearan a bha ag iarraidh na sgìreachd, agus bho dhusan gu dà dhusan teisteanais an cois gach litreach. Aig a' cheud choinneamh thubhairt an trìuir thuathanach a tha air a' Chomadaidh gu robh obair an earraich driopail, agus nach robh ùine aca-san sealltainn thairis air na bha de litrichean agus de theisteanais anns a' chuman, agus mar sin gu'm biodh iad riarachta gu leòir na'n taghadh an cléireach asda seachd no ochd de'n fheadhainn a b' fheàrr. Cha robh sin furasda do'n chléireach a dheanamh, oir ma b' fhìor na litrichean agus na teisteanais a bha air a bheulaobh, cha robh anns na h-abstoil ach daoine bochd is anfhann ann an coimeas ris na ministearan a bha ag iarraidh Cille-Sgumain. “A rìgh, beannaich mi,” ars' an gobhainn; “cha robh fhios agam riamh gus a so gu bheil daoine cho tàlantach anns an eaglais 's a tha innte.” Bha cuid dhiubh aig an robh ach beag a' h-uile litir anns an aibideil as déidh an ainme, ach ged nach robh aibideil as déidh an ainme, ach ged nach robh fhios aig a' Chomadaidh cìod a bha na litrichean sin uile a' ciallachadh bha fhios aca gur h-ann air son a bhì deanamh puinnsein ann an àm a' chogaidh a fhuair ministir Dhunsgàig, O.B.E., agus mar sin thilg iad seachad fear Dhunsgàig agus a' h-uile fear eile aig an robh litrichean ri 'ainm air an robh anharus a' phuinnsein aca. Mu dheireadh fhuair iad an seotadh gus nach robh air am fàgail ach seachduar, ach ged a bha a' Chomadaidh uile air son an gearradh sìos gu trì an àite seachd, dh' fhairtlich orra sin a dheanamh a chionn nach robh iad fhéin de 'n aon inntinn mu'n t-seòrsa ministir a bha dhìth orra. Cuid a bha air son duine òg fhaotainn is cuid a bha air son ministir pòsda a bhì aca; bha Ian Mac Coinnich coma co dhiu a bhiodh bean aige no nach bitheadh cho fhada agus nach biodh paipear aige anns a' chùbaid. Thubhairt fear de na foirbhich nach fhaca e fhéin rath no loinn air ministir riamh mur robh e 'n a sgoilear maith, ach an uair a chuala Eòghan Ruadh sud chuir e puth as a shròin, is thubhairt e gu magail, “sgoillearachd,” ars' esan, “nach e an sgoilearachd a tha milleadh na h-eaglais!” “Coma leam an sgoilearachd; b' fheàrr leam aon mhothar no raoichd a bheireadh duine diadhaidh mar a tha Calum a' ghreusaiche as, nach robh riamh ann an Collaiste, na ged bhiodh

Faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the page. The text is arranged in two columns and is too light to transcribe accurately.

ministir a' Chamuis-Bhàin a' labhairt fad seachduinn, agus is maith an sgoilear e." Bha am bàillidh air son duine fhaotainn aig an robh tighinn-a-stigh eile a thuilleadh air a thuarasdal, los gu'n rachadh aige air an tigh agus na saibhlean a chumail suas gun a bhì ro throm air an Dùc, agus duine aig an robh bean is teaghlach a chumadh suas ris a' mhnaoi agus na h-igheannan aige fhéin. Bha an gobhainn air son ministir fhaotainn a chumadh na Baistich agus muinntir na h-eaglais Shaoir 'n an àite fhéin, a ghleidheadh coinneamh-ùrnuigh an dràs 's a rithist, agus a rachadh bitheanta ann meag an t-sluaigh. Mar sin dh' fhairtlich orra còrdadh mu thrì a thaghadh as an t-seachd, agus air a' cheann mu dheireadh dh' aontaich iad gu'n tugadh iad cothrom do'n choimhthional an t-seachdnar uile a chluinntinn."

Chaidh an sàmhradh seachad gun mi a dh' fhaotainn litir eile bho Sheònaid ach ann am meadhan August chuala mi bhuaipe a rithist. Bha rud no dhà anns an litir sin nach fhad mi a chur sìos air an duilleig so, air eagal gu'n toir Cléir Mhuile binn air Seònaid, ach ged a bhios i air uairean glé throm air ministearan nach toigh leatha tha daonnan cnaimh de'n fhìrinn anns na their i umpa.

Cnoc nam Fitheach.
15/8/23.

"Ged a gheall mi dhuit innseadh ciamar a chaidh duinn cha 'n 'eil fhios agam gu ceart c' àite an toisich mi. An samhradh a bha againne dheth! Cha robh seachas eile aig sean no òg anns an sgìreachd so ach taghadh a' mhinistir. An gobhainn anns a' cheàrdaich, Tom Elliot air chùl a' bhuideil leanna, am bùidseir aig ceann a' bhùth, agus am bàillidh air latha rùsgaidh,—dh' fhaodadh tu am faicinn agus grunnan daoine mu 'n cuairt orra agus iad a' moladh an fhìr ud no a' faotainn coire do'n fhear ud eile de na chual iad a' searmonachadh. An là a bha iad a' rùsgadh ann am Baile-Sgait chaidh dìthis de na clobairean thar a chéile cho searbh salach mu'n t-searmon a chual iad air an t-sàbaid roimh sin air a' cheann, *Is beannaichte na daoine macanta*, 's gu'n do chuir iad dhiubh an aodach a dhol a thapaid gus an do sheas daoine eatorra agus an do chuir iad ciall orra. A leithid de naigheachdan 's a bha falbh air feadh na dùthcha mu na ministearan a bha air beulaobh a' choimhthionail, cha chuala tusa riamh! An diugh chluinneadh tu gu'n d' thubhairt am fear a bhios a' tighinn o Bhòrd an fhearainn a shealltuinn air a' bhuntata ri Calum Mac an t-Saoir gu'm b' aithne dha an t-seachdnar

uile, agus gu'm b'e a roghainn dhiubh air fad ministir Dhunsléibhe, "duineachan beag laghach," ars' esan, "a tha sgairteil anns a' chùbaid is anabarrach maith do na bochdan"; am màireach chluinneadh tu gu'm b' aithne do mhac peathar a' bhùidseir poliosman ann an Glaschu d'an do dh' innis marsanta ann an Grianraig gu robh còrr is fichead punnd Sasunnach aige air an Urramach Eachann Mac Uarraig, M.A., agus nach robh fiughair aige gu'm faigheadh e bonn-a-se gu bràth bhuaith; an ath latha chluinneadh tu gu'n d' thubhairt fear de mhuinntir Shléibhte ri mac Eoghain Ruaidh, agus iad ag iasgach còmhla ann an Loch Scàbhaig nach robh duine eile cho leasg ri ministir Ghrùlainn anns an Eilean Sgitheanach air fad, nach biodh e ann an àm aig na torraidhean fhéin agus nach robh aige ach mu dhusan searmon air fad. Sin, agus fichead naigheachd eile, bha iad a' falbh air sgiathan air feadh na sgìreachd gus mu dheireadh an robh sinn coltach ri muinntir na h-Aithne ann an làithean Phoil, a' caitheamh ar n-ùine ag innseadh no ag éisdeachd na naigheachd a b' ùire.

B'e ministir beag Dhunsléibhe a' cheud fhear a shearmonaich, agus mar a thuirt fear a' bhuntata bha e sgairteil da rìreadh. Bha guth glan fallan aige, is Gàidhlig chruaidh Thirisdeach, agus labhair e mu na h-òighean amaideach cho teann smachdail 's gu'n d' fhàs Catriona dhubh dearg anns an aodann, an dùil gu'n saoilheadh daoine gu'm b' ise té dhiubh. 'Na dhéidh-san thàinig Eachann Mac Uarraig, M.A., ach chum esan a shròn cho dlùth air a' phaipear 's gu'n d' thubhairt an gobhainn an uair a sgaoil an eaglais gu'n deanadh e fhéin na b' fheàrr na sud. Air an ath Shàbaid chuala sinn Niall Mac Phàrlain, agus 'n a dhéidh-san trìuir de ghillean òga coltach ris fhéin nach robh fada a mach as a' Chollaiste. Chòrd iad sin uile ruinn, air chor agus nach robh fhios aig a' mhorchuideachd de'n choimhthional cò aca a b' fheàrr leò. Ged nach robh Mac Phàrlain dad air thoiseach air càch mar shearmonaiche bha a choltas 'n a fhàbhar ann an sùilean na h-òigridh, oir bha fath is aobh 'n a aodann, agus bha e 'n a fhàbhar ann an sùilean nan seann daoine gu'm bu mhac bràthar e do Mhac Phàrlain na Morairne a b' àbhaist a bhì tighinn a dh' ionnsuidh a' chomanachaidh ann an Cille-Sgumain uair 's a' bhliadhna fhad 's a bha Maighstir Dòmhnall beò. Ma bha cuid de'n choimhthional air taobh fear no dìthis eile de na gillean òga, cha b' ann a chionn gu robh dad aca an aghaidh Mhic Phàrlain ach a chionn gu'n do bhual smuain neònach air chor-eigin 'n an inntinn féin. Bha Ealasaid

bheag is aon no dhà de na foirbhich air son an t-àite a thoirt do ghille caol àrd a bha 'n a fhear-cuideachaidh anns an Oban a chionn gu'm bu mhac bantraich e agus gu robh aige r' a mhàthair agus clann peathar a chumail, is trìuir dhiubh dona leis an tinneas-thuiteamach. Bha Tom Elliot air taobh an aoine fhir a b' aithne dha am measg na seachdar, mac tuathanaich ann an Liosmòr o'm bith-eath e a' ceannach òisgean anns an fhoghar. "Ma nì e cho mhaith 's a rinn òisgean athar dhòmhsa o'n a thòisich mi air an ceannach," arsa Tom, "fòghnaidh sin." Bha bean Ruairidh air son an t-àite a thoirt do'n fhear a shearmonaich mu'n duine bhacach a bha 'n a shuidhe aig doras an teampull; thubhairt i gu'n do labhair e cho caomhail faireachdail mu dhaoine a bha an lònidh anns na h-aobrunnan aca 's gu'n do theòigh a cridhe ris a dh' aon ruith. Tha bean Ruairidh air a pianadh le lònidh anns na h-aobrunnan agus anns a' chruachan dheas bho chionn chòig bliadhna; dh' fheuch i dotairean an Obain is dotairean Ghlaschu; dh' fheuch i sambuk is biolair is ùileadh ròin is fichead rud eile, ach cha d' fhuair i riamh leigheas oirre. Bha aon bhmalair againn am measg na seachd, ministir Chillmocheall-aig, leth-sheann duine garbh reanhar, aig an robh pailteas bhriathran ach gainnead tuir. Bha ceithir facail aige daonnan far an deanadh aon fhear feum; an àite a ràdh mar a thubhairt na gillean pongail eile, "Deanamaid ùrnuigh," is e a thubhairt esan, "A chàirdean ionmhuinn agus a chàirdean gaolach, a bràithrean agus a pheathraichean gràdhach anns an Tighearna; air dhuinn a bhì cruinn anns an àite agus anns an ionad so, air an là so, là na Sabaid, an là naomh, agus an là beannaichte, gu bhì 'g aideachadh, agus a' moladh, agus a' beannachadh, agus a' cliuthachadh ainm naomh agus ainm glòrmhor agus ainm gràs-mhor an Tighearna uile-chumhachdaich, togamaid ar cridheachan ann an ùrnuigh agus ann an athchuinge agus ann an eadar-ghuidhe ris an Dia mhòr agus ghlòrmhor agus bheannaichte agus uile-léirsinneach a chruthaich agus a dhealbh sinn agus a thug dhuinn bith is beatha, Cruith-fhear nèimh agus na talmhainn." B'e an ceann-teagaisg a ghabh e, "Feuch, dragòn mòr dearg, air an robh seachd cinn agus deich adhaircean," ach ged a theab e toirt air na cridheachan aig daoine leum as an cochull leis a' bheathach uambasach ud, dh' fhairtlich oirnn a thuigsinn uaith ciod an gnothuch a bha aig an dragon ri muinntir Chille-Sgumain. Cha 'n fhanadh e air an aon chùrsa dà mhionaid; bho 'n abstol Eoin leumadh e gu Sodom is Gomorrah; bho Shodom leumadh e air ais gu plàighean na

h-Eiphit; o'n Eiphit rachadh e gu Pol; bho Phol leumadh e gus na seulaichean a bha air na leabhraichean diombhair a chunnaic Eoin, ach an ath mhionaid bha e air falbh o na seulaichean gu teampull Sholaimh agus na ceruban agus na leòmhain a rinn Hiram, an ceard umba.

An uair a shearmonaich iad air fad chaidh a' Chomadaidh cruinn a rithist. Gun duine a ràdh facal 'na aghaidh bha ministir Chillemocheall-aig air a chur air chùl, oir cha ròbh duine idir air a shon-san; air iartrus a' ghobhainn chuireadh air chùl Eachann Mac Uarraig, M.A., oir cha bu toigh leis a' ghobhainn no le Iain Mac Coinnich am paipear; thuit fear an déidh fir a mach gus mu dheireadh nach robh ach dithis air an fàgail, ministir beag Dhunsléibhe agus Niall Mac Phàrlain, B.D. B'e an t-aobhar gu'n do chuir a' Chomadaidh ainm na dithis sin air beulaobh a' choimhthionail, gu robh iad air son an roghainn a thoirt daibh, co dhiu a thaghadh iad duine aig an robh bean no duine nach robh pòsda, duine a bha cheana air a dhearbhadh ann an obair sgìreachd no duine òg a' tòiseachadh."

Blàr an Adholl.

10/9/23.

"Mòran taing dhuibh, a Sheònaid, air son 'ur litrichean; tha mi dol 'g an cur anns an leabhar dhearg air a' mhios so, oir tha fhios agam gu bheil mòran de dhaoine a rugadh ann an Cille-Sgumain ach a tha an diugh air feadh an t-saoghail a bhios toilichte a chluinntinn ciamar a thagh sibh am ministir. Chunnaic mi ann am paipear an Obain gu robh mòran barrachd air taobh an duine òg na bha air taobh ministir Dhunsléibhe. Sin mar a tha tachairt daonnan; ma chi sibh uair air bith gu bheil ministir a tha suas ann am bliadhnachan air a ghairm gu coimhthional ùr, faodaidh sibh a bhì cinnteach nach e a' mhòr-chuideachd a rinn sin, ach, an dara cuid, na foirfich no maithèan air chor-eigin a tha riaghladh a' choimhthionail. Ma bheirear an toil fhéin agus saor chomas taghaidh do choimhthional taghaidh iad daonnan duine òg. Ach ma thòisicheas mise air bruidhinn air a' chuspair sin, a Sheònaid, theagamh gu'm fàs sibh cho sgith dhìom 's a dh' fhàs sibh de mhinistir Cillmocheall-aig. Thoiribh mo bheannachd do bhean Ruairidh, agus abraidh rithe stad de'n bhiol-air agus de sambuk agus leigheas nan seill-eanan fheuchainn air an lònidh. Air 'ur socair fhéin innsidh sibh dhomh gu goirid ciamar a tha an ministir ùr a' còrdadh ribh.

'Ur deagh charaid.

D. L.

Faint, illegible text, possibly bleed-through from the reverse side of the page. The text is arranged in two columns and is too light to transcribe accurately.



LIGHICHE CAOMH.

*Tha gràdh Chrìosd 'g ar co-èigneachadh.
II. Corint., V. 14.*

Bho chionn bhliadhnachan bha leabhar air a sgrìobhadh le diadhair òg Gearmailteach a thog mòran bruidhne air feadh an t-saoghail uile. B'e ainm an diadhair, Albert Schweitzer, fear-teagaisg ann an Oilthigh Strasbourg. B' ann mu Chrìosd a bha an leabhar, agus cha do chòrd e idir ri mòran dhaoine anns an dùthaich so, oir bha amharus aca nach robh Albert Schweizer fallan anns a' chreideamh. Ach thug sgoilearan ro-aire dha, oir bha e furasda gu leòir fhaicinn gu robh gaol na firinn ann an cridhe an duine a sgrìobh e, agus iarrtus aige air nàdur is pearsa Chrìosd a thuigsinn. Bha na sgoilearan sin an dùil nach b' fhada gus an cuireadh e a mach leabhar eile anns an giùlaineadh e air aghaidh na h-argumaid-ean air an do thòisich e anns a' cheud fhear.

Chaidh bliadhnachan seachad, is cha chualas an còrr iomraidh air Albert Schweitzer. Bha e a' cur ionghnaidh air mòran dhaoine aig a bheil ùigh anns an Tìomnadh Nuadh cìod a bha e a' deanamh, no cìod a dh' éirich dha. An sin thàinig an cogadh, agus chuir an cogadh a' h-uile rud eile á cuimhne dhaoine ach an cogadh fhéin. Ach an uiridh thàinig leabhar eile a mach agus ainm Albert Schweitzer air a' cheud duilleig aige, agus rinn an leabhar so barrachd bruidhne air feadh an t-saoghail na rinn eadhon a' cheud fhear. B'e ainm an leabhair ùir. *Air iomall na Coille Ghruamaich*; agus ged nach robh e mòr no rìomhach le sealltuinn air o'n taobh a muigh bha e làn de spiorad Chrìosd agus de thoradh na diadhaidheachd an taobh a stigh. Cha b' ann air dìomhaireachd na diadhachd a bha inntinn Schweitzer air a suidheachadh anns an leabhar so ach air oibrichean iochdmhor an t-soisgeil ann an dùthchanna céin.

Mu 'n robh e deich bhliadhna fichead a dh' aois rinn Albert Schweitzer ainm dha fhéin am measg sgoilearan a' Bhiobuill leis na leabhraichean a sgrìobh e mu Iosa, agus mu Phòl, agus mu rioghachd Dhé. A thuilleadh air a sin rinn e ainm dha fhéin am measg mic agus nigheannan a' chiùil leis cho ealanta 's a chluicheadh e air an òrgan. Tha ceòl anns na Gearmailtich co-dhiù, ach bha e air a ràdh nach mòr dhaoine eadhon anns a' Ghearmailt a b' fhèarr a chluicheadh an t-òrgan an Albert Schweitzer, agus nach robh

duine idir innte a sgrìobhadh cho mhaith ris mu mhaithean a chiùil.

Ach gun a chomhairle a chur ri duine beò, ach a mhàin ri Dia agus ri chridhe féin, thug an duine so suas a dhreuchd mar fhear-teagaisg ann an Oilthigh Strasbourg; thug e suas a cheòl agus a leabhraichean, a dhòl a mach 'n a dhotair do chridhe Africa. An uair a rinn e suas inntinn so a dheanamh, bha an dotaireachd aige fathast r'a h-ionnsachadh, agus gun e òg, ach far a bheil an toil bidh an gnìomh. Bha e pòsda cuid-eachd, ach bha a chéile de'n aon inntinn ris fhéin; bha iarrtus 'n a cridhe saothrachadh air sgàth Chrìosd, agus dh' ionnsaich i frith-ealadh do dhaoine tinne m' an deachaidh i a mach do Africa.

“Leugh mi,” tha e ag ràdh, “mu chor truagh nan daoine dubha; agus mar a bu mhò a smuainich mi air na leugh mi agus air na chuala mi bho shoisgeulaichean a bha thall, is ann bu mhò a bha de ionghnadh orm nach robh Crìosduidhean na Roinn-Eòrpa a' gabhail suim d'am bràithrean bochd. Thàinig e a steach air m' inntinn gur h-ann ruine a labhair Crìosd an cosmhalachd a labhair e mu'n duine shaoibhir agus mu Làsarus. Is sinne an duine saoiibhir; is aithne dhuinn mòran nach aithne dhaibhsan. ach tha sinn a' cumail an eòlais sin againn fhéin. Tha na daoine dubha mar bha Làsarus; tha iad a' fulang péin, ach ged a b' urrainn sinne an leigheas cha 'n 'eil sinn 'g a dheanamh. Tha sinn a' peacachadh an aghaidh ar bràithrean le cion suime; cha 'n 'eil sinn a' feòraich d' ar cridhe no d' ar coguis cìod a bu chòir duinn a dheanamh air an son.”

Ann an 1913, an uair a bha e ullamh de'n Chollaiste an dara uair, dh' fhalbh e fhéin agus a bhean do Africa. Cha b'ann air chosdus eaglais a chaidh e a mach ach air a chosdus fhéin. Ged nach robh e 'na dhuine beartach shàbhail e beagan cheudan as a thuarasdal, agus rinn e beagan cuideachd air na leabhraichean a chuir e mach, ach thug e sin uile gu saor do obair an t-soisgeil. Bha caraidd caomh no dhà aige as am faodadh e earbsadh na 'm biodh airgid gann air.

B'e an t-àite anns an do shuidhich e àite ris an abrar Lambarene, làimh ris an abhainn mhòr Ogowe air taobh an iar Africa. Tha an dùthaich sin cho teth 's nach ruigear a leas coirce no cruithneachd no buntata a chur; leis an teas agus le fhuichead a' ghruinnid fàsaidh an t-arbhar cho bog fada 's a chois 's nach tig dias idir air, agus

fàsaidh bàrr a' bhuntata cho àrd ri craoibh ach cha bhí aon chnap air. Cha 'n 'eil an dùthaich a' freagairt air daoine geala; m' am bi iad bliadhna ann fàsaidh am fuil cho tana 's gur gann is urrainn iad an casan a shladadh as an déidh. Ach air a shon sin tha daoine geala a' fuireach ann; a' mhorchuideachd dhiubh air thòir an fhortain. Tha rubber is coffee is cocoa gu leòir anns an dùthaich, agus far am bheil a' chlosach an sin bidh na h-iolairean.

An toiseach cha robh àite aige anns an cuireadh e na daoine tinne a bha a' tighinn thuige ach seann tigh-chearc, ach ri ùine fhuair e tigh faruinn a thogail, agus dealbh a b' fheàrr air obair a dheanamh. Ann an Lambarene tha gach seòrsa galair as aithne dhuinn ann am Breatunn agus seòrsachan eile nach 'eil an so idir. Is e an galair as miosa uile gu léir an tinneas cadalach. An uair a thòisicheas an tinneas namhasach so tha air uairean an treasa duine anns an dùthaich air an toirt air falbh leis. Ann an Uganda ann an sé bliadhna bhàsaich dà cheud mìle duine leis. Bha uiread eagail aig muinntir Lambarene roimh 'n tinneas cadalach 's a bhiodh orra roimh leòmhain, is cha robh sin 'na iongnadh, ach taing do Ni-maith fhuair na dotairean a mach a nis ciod a tha 'g a aobharachadh. Ri ùine theagamh gu'm faigh iad buaidh air.

Tha barrachd lòinidh ann an Lambarene na tha anns na h-eileannan Gàidhealach fhéin, ach na 's miosa na'n lòinidh, tha na creuchdan leannaichte agus na neasgaidean silteach a chithear air gach dara duine; air an casan, no air an gairdeannan, no air an cuirp, no air an aodainn. Bhiodh Albert Schweitzer ag oibreachadh seachd is ochd uairean a h-uile latha, a' glanadh le làmh an fhéin 's a ceangal suas chreuchdan a bha cur goirisinn air fheadh agus as an robh àileadh a leagadh an t-each.

Ciod air bith is ciall da, tha mà-m-sic is snaoim-caolain mòran na's cumanta am measg dhaoine dubha na tha iad am measg dhaoine geala. Glé bhitheanta bha daoine truagha a bha fulang anns an dòigh sin air an toirt thuige, agus dh' fheumadh e làmh a thoirt air an sgithinn ged nach robh mòran dealbh aige air obair na sgithinn a dheanamh. Ach ciod nach feuchadh duine seach a bhí faicinn co-chreutair a' fulang pian nach gabh innseadh, a' cur char dheth air an talamh agus a' guidhe gu'n tigeadh am bàs? Ach leigidh mi le Albert Schweitzer fhéin bruidhinn. . . . "Cia mar is urrainn mi m' fhaireachduinn innseadh an uair a bheirear thugan duine anns an t-suidheachadh so? Cha 'n 'eil neach eile mar cheudan mìle as urrainn cobhair a

dheanamh air ach mi fhéin." Ach o'n a tha mi an so, agus o'n a thug càirdean caomha dealbh dhomh air a dheanamh, théid agam air beatha an duine a shàbbaladh. Cha 'n e mhàin gu'n téid agam air an duine a thoirt o'n bhàs, ach théid agam air pian is àmhghar a chuirp a lughdachadh. Nach mòr an rud sin fhéin! Cuiridh mi mo làmh air a bhathais, agus their mi ris, "Na biodh eagal ort; ann an uair a dh' ùine cuirear a chadal thu, agus an uair a dhùisgeas tu bidh do phian air falbh." . . . Tha obair na sgithinn a nis ullamh; anns an t-seòmar dhorchà tha mi 'n am shuidhe r'a thaobh, a' feitheamh gus an tig e thuige féin. Uigh ar n-uigh tha e a' tighinn gu fhaireachadh, gun fhios aige gu ro mhaith c'àite am bheil e, ach ann am beagan mhionaidean, tha e a' cuimhneachadh ciod a thachair, agus glaohdhaidh e mar neach a fhuair saorsa, "Tha am pian air falbh"; "tha am pian air falbh." Innsidh mi an sin dha, agus do'n fheadhainn eile a tha còmhla ris anns an t-seòmar gur e an Tigh-earna Iosa a chuir mise agus mo bhean thuca-san, agus gur e daoine geala anns an Roinn-Eòrpa a thug dhuinn airgid is dealbh air tighinn a leigheas nan daoine dubha ann an Africa. Bidh iad a' feòraich dhiom mu na daoine geala sin, c'àite a bheil iad a' fuireach agus ciamar a chual iad gu robh iadsan tinn. Mar sin théid an ùine seachad; mi fhéin agus an duine dubh a' seachas ri chéile, agus mise co-dhiu a' faireachduinn, mar thubhairt Crìosd, *gur bràithrean sinn.*

Ma dh' fheòraicheas tusa, a leughadair, ciod a chuir Albert Schweitzer a mach do Africa cha 'n urrainn mise freagairt eile a thoirt duit ach so, gu'n do cho-éignich gràdh Chrìosd e. Na'n do leugh thu an leabhar a sgrìobh e mu phearsa Chrìosd theagamh nach saoiladh tu gu robh e fallan anns a' chreideamh, ach is ann air a toradh a dh' aithnichear a' chraobh. Faodaidh beachdan fallan gu leòir a bhí aig duine, ach mur bheil tomhas de Spiorad Chrìosd aige, cha bhuin e dha. Agus air an làmh eile tha mi dearbh chinnteach gu'n aidich Crìosd mar dheisciobuil na daoine aig a bheil gràdh dha ged bhiodh iad ceàrr 'n am beachdan. Is fheàrr le Dia ceò ann an eanchuinn duine seach fuachd is féinealachd a bhí 'n a chridhe. Ged is mòr uabhar mhic an duine á cumhachd is geiread inntinn fhéin, tha e glé fhurasda dha dol air seachran 'n a smuaintean agus 'n a bheachdan an uair a thòisicheas e air cnuasachadh air bith is nàdur is rùintean-dìomhair a' Chruithfhìr, oir tha Dia mòr is folaichte is do-rannsaichte; ach saoilidh mi nach peacadh a chum bàis a tha ann am nearachdan

de 'n t-seòrsa sin, ma tha cridhe duine glan, agus ma tha gràdh aige do Dhia, is ùigh aige air a thoil a dheanamh. An ath uair, a leughadair, a chluinneas tusa daoine a' cur sìos air Albert Schweitzer a chionn nach robh a theagasg fallan, abair riu, "Cha 'n aithne dhomh uime sin gu ceart, ach aon ni tha fhios agam, gu'n do chuir e cùl ris na nithean a bha toirt dha sòlais, ceòl is leabhraichean is sgoilearachd is combhfhurtachdan na Roinn-Eorpa, a dhol a mach do Africa, a chionn gu robh gràdh Chrìosd 'g a cho-èigneachadh."

ANNS A CHATHAIR.

Bho chionn ghoirid bha ministir anns a' choinharsnachd ag innseadh dhomh mu sheanchas neònach a bha eadar e fhéin agus leth-sheann duine anns an sgìreachd aige. Ma's maith mo chuimhne b'e so brìgh an còmhraidh.

Seumas: "An d' thug sibh an aire, a mhinistir, gur e glé bheag de thòrraidhean nach robh mise aca bho chionn fhichead bliadhna?"

Ministir: "Mata, a Sheumais, bho'n thug sibh tarraing air an rud bithidh mi 'ga 'r faicinn aig na tòrraidhean daonnan; tha e ceart do'n h-uile duine a bhi dleasdhanach anns a' cheum sin."

Seumas: "Mata, tha mi an dùil stad dhiubh gu buileach."

Ministir: "Stad dhiubh gu buileach, a Sheumais, ciod a tha sibh a ciallachadh?"

Seumas: "Tha mi a' ciallachadh an rud a tha mi ag ràdh, nach téid mi gu tòrradh tuilleadh."

Ministir: "Agus ma dh' fhaodas mi fharraidh, ciod a tha agaibh an aghaidh nan torr-aidhean?"

Seumas: "Innsidh mi sin dhuibh; na h-ùrnuighean a bhios mi a' cluinntinn aca. Uaireigin de m' shaoghal b' fheàrrid m' anam agus mo spiorad mi bhi aig an t-seirbhis aig tòrradh, oir bha breitheanas is tuarasdál a' pheacaidh air a chur a'm' chuimhne; ach cha chluinn mi an diugh aon fhacal beag uime sin aig na ministearan; is ann a bhios aca am bitheantas ùrnuighean aotram iollagach, a' moladh an fhir nach maireann no na té nach maireann, agus ag innseadh do Dhia umpa mar nach b' aithne dha iad. Chuala mise ministearan a' deanamh ràbhart molaidh air daoine nach robh aon chuid stuama no ionraic no diadhaidh, agus le'r cead-se, a mhinistir, cha toigh leam idir e. Tha mi dol a stad de na tòrraidhean gu buileach."

Tha mise an dòchas gu'n do lean Seumas air an deagh chleachdadh a bha aige agus nach do stad e a dhol do'n chill le chàirdean agus le choimhearsnaich, ach aig a' cheart àm feumaidh mi a ràdh gu robh e glé cheart a thaobh mòran ùrnuighean a chluinnear an diugh aig tòrraidhean. Labhrar mar fhireana air daoine nach robh 'n am fireanan idir, agus abrar seirbhisich Dhé ri daoine a chuir seachad am beatha ann an gòraiche agus ann am faoineis. Molar am marbh los a theaghlach a thoileachadh le teisteanas gasda a thoirt dha ann an éisdeachd na cuid-eachd a tha cruinn. Cha 'n ann ri Dia a tha an seòrsa ùrnuighean so air an cur suas idir ach ri daoine; cha 'n 'eil anuta ach mar gu'm biodh sgonn òraid a tha am fear a tha labhairt a' liubhairt 'n a ainm fhéin an àite ainm Chrìosd.

Tha an droch chleachdadh so a' factainn gnùise anns an eaglais nach bu chòir a bhi air a thoirt da; sin an t-aobhar gu bheil mi a' tighinn thairis air an dràs. Na'n rachadh agam air a spìonadh as a fheumhaichean mar a spìonas tu droch chopag-ruadh a tha gàrnachadh na talmhainn, dheanainn sin gu toileach, agus chunntainn gu robh mi a' deanamh seirbhis do'n fhirinn agus do'n diadhaidheachd. Ann an cuid de àitean tha fughair aig na càirdean gu'm bi roid mholaidh air a dheanamh air a' mharbh agus air a theaghlach ann an ùrnuigh a' mhinistir air là an amhlaicidh, agus mur bi, saoilidh iad gu bheil am ministir tioram agus fuar. Gheibhear an sid agus an so ministearan a bheir do dhaoine an rud a tha dhith orra, agus an rud a chòrdas riu, ach ciod a tha an sin ach spiorad na marsantachd is dòighean a' mhargaidh! Bu chòir duinn spiorad na marsantachd fhàgail anns a' bhùth, agus a chuimhneachadh an uair a chomhas sinn ar cinn ann an làthair an Tighearna, gur ionmhuinn le Dia an fhirinn 's an taobh a stigh.

Bu mhaith leam impidh a chur air ministearan òga, gun iad a thòiseachadh air a' chleachdadh so, oir ma thòisecheas, cuiridh iad an casan ann an clàbar nach bi e furasda dhaibh an toirt as. Ma thòisecheas iad air glòramas mholaidh a dheanamh air na mairbh, feumaidh iad leantuinn air, air neo bidh e 'n a aobhar diumb. An dràs 's a rithist tha e tachairt anns a' h-uile sgìreachd gu bheil duine sònruichte no boirionnach sònruichte ann, a tha e uile gu léir freagarrach gu'm bidh moladh air a thoirt do Dhia, aig uair am bàis, air son ionracas am beatha, no air son an saothair a bha comharr- aichte ann am fion-lios Dhé. Tha sin ceart is freagarrach, agus cha 'n fhaigheadh duine pongail air bith coire dha, ach coma leam

idir am moladh nach 'eil ann ach brosgul ris a' bheò.

Air uairean bidh e a' tighinn a steach air m' iuntinn gur ann bho spiorad na marsantachd a dh' éirich an cleachdadh so, agus a réir mo bheachd-sa co-dhiù, is e spiorad na marsantachd nàmhaid as motha a tha aig a' chreideamh agus aig an diadhaidheachd an diugh. Cha 'n 'eil fhios agam an do rinn mi riamh soilleir dhuit, a leughadair, ciod a tha mi a' ciallachadh le spiorad na marsantachd, agus a dh' innseadh na firinn cha 'n 'eil e uile gu léir furasda sin a dheanamh. Ach tha fhios agad gur e crìoch àraidh an duine a bhios a' reic siùcair no caise no uisge-beatha an luchd-ceannachd a thoileachadh agus a tharruing do 'n bhùth, los gu'm bi am bhùth làn. Am bhùth a bhì làn de dhaoine a' deanamh gnothuich ris, sin dhasan nèamh; ach ma tha am bhùth falamh agus gun duine a' ceannach, sin dha ifreann. A thaobh nan daoine a thig 'n a charaibh, cha 'n 'eil ach aon rùn 'n a chridhe:—*Bidh mi 'n ur comain ma dh' innseas sibh dhomh ciod a tha dhìth oirbh, agus eadar mise agus sin fhaighinn dhuibh!* Sin agad an rud ris an abair mise spiorad na marsantachd, ach ged a dh' fhaodas e bhì ceart gu leòir air chùl a' chuntair cha do theòigh mo chridhe riamh ris anns an eaglais. Coma leam na daoine nach 'eil rud eile aca anns an t-sealladh ach na h-eaglaisean a lìonadh, gun umhail air bith a bhì aca ciod an dòigh anns an lìonar iad. Na 'n ainmichinn ann am Blàr am maireach gu'm biodh duine dubh a' searmonachadh air an ath Shàbaid, às a léinidh agus a chasan ris, agus gu'n cuir-eadh e solus air a' cheann-teagaisg le steep no dhà ùannsa, bhiodh an eaglais làn. Ach bhiodh e na b' fheàrr do aobhar an Tighearna i bhì falamh.

Ach ma's ann a thoileachadh an càirdean, agus a chosnadh an gean-maith do'n eaglais, a bhios cuid de mhinistearan a' leigeil ruith le'n teangaidh a' moladh nam marbh, b' fheàrr dhaibh dòigh air chor-eigin eile a ghabhail air an rùintean a choimhlionadh. Oir a thuilleadh air gu bheil e neo-fhreagarrach do dhuine fiosrachadh a thoirt do Dia a tha aig Dia cheana na 's fheàrr na tha e aige fhéin, tha e dana is ladarna do dhuine breith a thoirt air co-chreutair aig cathair an Ti uile-léirsinneach d' am buin breith a thabhairt. Co dhiu a bha am fear no an té a thatar a' cur fo'n talamh airidh air eliù no nach robh is e ar gliocas-ne an cùis fhàgail aig Dia. Cha dean e maith no cron dhaibh ciod a their sinne umpa, no ciod ar barail orra, oir cha 'n ann rinn a tha an gnothuch ach ri Dia. Bheir esan breith chothromach.

Aig tòrradh seach gach cruinneachadh air

bith eile tha e freagarrach gu'm biodh daoine iriosal is simplidh; nach biodh spagadagliog no glòir dhìomhain 'n an cridhe, ach 'n a àite sin, urram is eagal diadhaidh. Tha e freagarrach gu'n cuimhnicheadh iad an crìoch dheireannach, agus nach tugadh iad breith gu h-aotrum, no breith idir, air eagal gu'm beannaich iad an ni a tha Dia a' mallachadh.

NATHRAICHEAN IS CALUMAIN.

An uair a bha Crìosd a' cur a mach a dheisciobul thubhairt e riu, "Bithibh glic mar na nathraiche agus neo-chronail mar na calumain." Tha fhios againn gu robh sean-fhacal am measg nan Iudhach mu gliocas na nathrach agus sean-fhacal eile mu neo-lochdas a' chalumain, agus tha fhios againn nach do rinn Crìosd ach na facail uisneachadh a chionn gu'n robh na deisciobuil eòlach orra agus gu'n tuigeadh iad iad. Ach c' ar son a bha na h-Iudhaich a' cunntas na nathrach glic agus a' cunntas a' chalumain neo-chronail? Cha 'n urrainn mi a ràdh; shiubhail mi iomadh leabhar ach am faighinn a mach ciamar a rinneadh na sean-fhacail ud an toiseach, ach dh' fhairtlich e orm.

Anns an dùthaich so co-dhiu tha an caluman 'n a chreutair cronail. Anns an fhoghar mharbh mi leis a' ghunna dà chaluman, am measg sgaoth dhiubh a bhiodh a' tighinn a dh' itheadh a' choirce agam, agus dh' iarr mi air a' bhean-tighe na spilgeanan a bha 'n an sgròbain a chunntas. Bha 496 gràinne sìl ann an sgròban fir dhiubh, agus 510 ann an sgròban an fhir eile; còrr is mìle gràinne sìl uile gu léir. Abair gu robh ceud caluman air an achadh fad seachduinn, agus tuigidh tu gu'n deanadh iad cron. Ach theagamh nach e so an t-eun a tha air ainmeachadh anns an Tiomnadh Nuadh.

A thaobh na nathrach, bha daoine eile anns an t-seann t-saoghal, a thuilleadh air na h-Iudhaich, de'n bheachd gu robh gliocas aice nach robh aig creutairean eile. Ach c' ar son a fhuair i an t-ainm? Tha am fear a sgrìobh Genesis ag ràdh gu bheil i na's seòlta na aon eile de bheathaichean na mach-rach, ach cha 'n 'eil mòran dhaoine a dh' aontaicheadh ris anns a' bheachd sin. Tha barrachd seòltachd ann an aon seann radan na tha ann an seachd nathraichean ged chuireadh iad an cinn r'a chéile. Ach tha mùghadh mòr eadar seòltachd agus gliocas. Tha an t-seòltachd o shìos, agus an gliocas o shuas. Mar is lugha a bhios ann an deisciobuil Chrìosd de ghné no de dhòighean na nathrach is ann is mò a dhealraicheas an solus anns an t-saoghal.



NEUL DE FHIANUISEAN.

[Bha an searmon so air a' liubhairt leis an Urramach Gilleasbuig Dòmhnallach, ministir Chill-tarlagain, anns an Eaglais Ard, an Ionarnis, an t-Sàbaid a bha am Mòd cruinn anns a' bhaile sin.]

Uime sin air dhuinne bhi air ar cuairteachadh le neul co mòr de fhianuisibh, cuireamaid dhinn gach leth-trom, agus am peacadh a tha gu furasda ag iadhadh umainn, agus ruitheamaid le foighidin an réis a chuireadh rombainn, ag amharc air losa ceannard agus fear-criochnaich ar creidimh. —*Eabh, xii. 1-2.*

Tha dlùth cheangal eadar na briathran so agus a' chaibidil mu dheireadh anns am bheil an t-ùghdar a' deanamh àrd mholadh air na sàir a bha ainmeil air son an creidimh Bidh aimsirean a' tighinn mu'n cuairt an eachdraidh na h-eaglais 'nuair a bhios sluagh Dhe fo chùram agus imcheist air eagal gu bheil an t-olc a' buadhachadh agus fireantachd a' dol am mùghadh. Misneachail treun agus mar a bha Elisha am fàidh thuit teagamh mar so aon uair air 'anam, agus shaoil e gu'n robh esan a mhàin air fhàgail a bha dìleas do Dhia Israeil. Gidheadh aig a' cheart àm bha air a nochdadh dha gu robh na mìltean fathast an Israel nach do chrom a' ghlùn do Bhaal. Air a' cheart dòigh ged a bha naimhdean a' chreidimh lionmhor agus borb, tha ùghdar na litreach so a' glacadh misnich le bhi toirt fainear an lionmhorachd de dhaoine treun, seasmhach, dìleas aig an robh geur shealladh air na nith-ean a bhùneas do rìoghachd Dhé.

Tha ar ceann-teagaisg sàmhachail. Anns na linntean bho shean bha réisean agus cluichean eile de iomadh seòrsa air an cleachdadh air feadh ìmpireachd na Gréige agus gu h-àraidh aig baile mòr Corinthus. Bha Corinthus air a shuidheachadh air tair-beart no dòirinn eadar dà chuan, agus bha na cluichean air an cleachdadh mar urram do Phoseidon, dia na mara; agus bhiodh àireamh mhòr sluaigh a' tighinn as gach ceàrn gu bhi 'n an stùil-fhianuisean air na réisean-carbaid agus na réisean-coise, agus gach cluich agus strì eile bha ri fhaicinn. Bha an neach a thug buaidh anns na réisean a' factainn mòr urram agus sochairean luachmhor, agus bha iad aig an àm air an crùnadh le crùn de dhuilleach craoibh-ola agus meanglan pailm 'n an làmh mar shamhladh an treubhantais. Timchioll a' chùrsa bha am mòr-shluagh 'n an suidhe.

sreath os cionn sreatha, a' gabhail beachd air na h-euchdan neirt, ealdhain, agus luathais, a bha a' dol air aghaidh air a' chòmhnard.

Agus mar sin, tha ùghdar na litreach so a' cur an céill, 'nuair a bha Crìosduidhean a latha féin, am measg mòr àmhghair, a' deanamh spàirn agus strì air son crùn nach searg, gu 'n robh iad air an cuairteachadh le neul mhòr de fhianuisean a bha a' cruaidh-ghleachd, 'n an latha féin, an saoghal dorcha agus aingidh agus a thug buaidh tre chreideamh, daoine bha uile ag ìneachd air slighe na h-àmhlachd, a bha uile a' saothrachadh air son na h-aon duais, a bha uile sìreadh baile aig am bheil bunaiten air am bheil Dia 'n a Fhear-dealbhadh agus 'n a Fhear-togail.

Tha am facal ata air eadar-theangachadh fianuisean co-ionann ann am fuaim ris an fhacal Bheurla *martyr*, agus anns an earrann so faodar a bhreithneachadh an dà sheadh; (1) Muinntir a dhearbh an creideamh le am foighidiun, am féin-àicheadh, am fulangas, agus gu tric am bàs. Anns an t-seadh so bha naoimh an t-Seann Tiomnaidh a tha air an ainmeachadh le urram 'n am fìor fhianuisean; cha b'e an t-ainm gun an tairbhe a chunnacas annta-san; bha iad dìleas gu bàs agus fhuair iad crùn na beatha. Ach cha 'n fhaod sinn, ann an solus samhladh ar cinn-teagaisg, a bhi fàgail as an t-sealladh gu'm faod sgiolt eile bhi aig an fhacal fianuisean; (2) Tha ùghdar na litreach a' meas nach 'eil an neul mhòr de fhianuisean a chaidh an taobh thall de'n roinn-bhrat caoin-shuarach mu chor na muinntir a tha a' saothrachadh agus a' strì air réis-chursa na beatha so. Is e teagasg an t-Slànuighir gu bheil aobhneas an làthair aingle Dhe thairis air aon pheacach a ní aithreachas, agus air sliabh a' chruth-atharrachaidh nach robh dìthis de na spioradan is urramaiche a tha an làthair rìgh chathair Dhe air an nochdadh maille ri losa, agus bha iad a' labhairt mu'n bhàs a bha esan gu choimhlionadh an Ierusalem! Co chuireas crìoch no bacadh air spiorad an duine? Is iomadh gille òg a dh' fhàg dùthaich a bhreith air son dùthaich chéin a' choigrich, a tha a chridhe air a thàladh am bruidaran na h-oidhe no an smuaintean dìomhair a dhùsgaidh, gus an dachaidh anns an robh làithean a leanabais air an àrach; na raontan air an do chluich e le subhachas na h-òige: an eaglais far an tric a thog e ghuth le laoidhean molaidh do'n Triath, agus an clachan anns am bheil duslach a shinnsire a' tàmh. Agus am bheil

spioradan dhaoine naomha air an deanamh foirfe gun suim mu'n timchioll-san a tha an dingh a' dol troimh àmhghar mhòr agus a tha dian ruith a dh' ionnsuidh a' chomharra, gu duais àrd-ghairme Dhe ann an Iosa Crìosd?

Tha sinne an dingh air ar cuairteachadh le neul na's mò gu mòr na an neul de fhianuis-ean a bha mu thimchioll na h-Eaglais anns na ceud linntean. Tha ar fianuis-ean an dingh mar na reultan agus mar ghainneamh na fairge, fir agus mnathan le am b' ionmh-uinn an soisgeul os cionn gach cuspair sòlais, a tha dùimhlachadh leabhar cuimhne Dhe le meud an àireimh. Agus nach 'eil sinn 'g an tabhairt-san fainear a dh' aidich Crìosd air thùs an crìochan Bhreatainn, a las lòchran a' chreidimh an aimsirean eian ann meag nan cinneach borb a bha ag àiteachadh an tìr. Tha sinn a' cuimhneachadh air Naoinean a cheud theachdaire gu Cruithnich na h-Alba; Pàdruig a ghiùlain teine-rabhaidh an t-soisgeil bho Alba gu cladaichean Eirionn, Colum-Cille a thàinig 'n a churach breòite le dhusan companach thar cuan buaireasach a ghiùlan na naigheachd aoibhinn gu na garbh-chrìochan agus eileanan Innse-gall. Dhaibh-san agus do fheadhain eile cosmbuil ri Beathan, Donnán, Curadan, Talorcan, Meir-cheard, Moluag agus feadhain eile nach 'eil ùine agam a bhì ag ainmeachadh tha ar dùthaich fo chomain do-labhairt. Sbaoth-raich cuid dhiubh dlùth do'n cheart làraich air am bheil sinn ag aoradh an dingh, a' searmonachadh Chrìosd anns an t-seann chànan a tha fathast air a labhairt agus air a seinn an iomadh ceàrn de 'n t-saoghal. Chaidh iad thairis air iomadh caol stoirmeil; shiubhail iad iomadh garbhlach cas agus iomadh monadh sgìth a chum na slòigh a shuidh an dorchadas a thoirt fo chuing so-iomchar agus ghràs-mhor Iosa. Agus riamh bho 'n là a dh'éirich grian na fireantachd air Alba, bha na fianuis-ean a' fàs na's dìomhoire; diadhairean soisgeulaich, luchd-aidmheil a chum teine na h-ìobairt beò air an altair.

Agus an fàg sinn á aireamh nam fianuis-ean a bhuineadh do ar cinneach féin, na bàird agus na filidhean a thog an guth agus a ghleus an clàrsaichean agus a tha an dàin agus am fuinn air tighinn a nuas thairis air na linntean; an tilg sinn iad féin agus an cànan air chùl mar nithean gum fhiù agus gum mbeas? An can thu nach buin na nithean sin do dhiadhachd? Ma their, tha thu am mearachd. Nach buin do dhiadhachd anns an t-seadh is farsuinge na nithean ata mais-each agus òirdheire do'n chluais agus do'n t-sùil, torman nan allt, ceilearadh nan eun, nàdur sgeadaichte an trusgan nan iomadh dath? Nach buin e do dhiadhachd gum biodh meas againn air gach gibht agus tàlann a thug Dia do'n duine. Tha na bàird, na

filidhean, agus na seanchaidhean, a bhuineas do na linntean a dh' fhalbh a' labhairt ruinn a mach as an neul a tha 'gar cuairteachadh agus ag ràdh, cuiribh iad sin uile gu buil; na bithibh dearmadach air bhur n-eachdr-aidh, bhur cànan, agus bhur ceòl; measaibh iad mar dhìleab luachmhor bho na ginealaich a dh' aom. Agus tha mi de 'n dearbh bheachd, mar is mò tha againn de spiorad an t-soisgeil, de spiorad a' ghràidh is a' charthannais, agus mar is lugha tha againn de spiorad an t-saoghail, an spiorad a tha deanamh dé de airgid agus òr. reic agus ceannach, gur h-ann is mò a bhios de mheas againn air eachdraidh uasal ar cinnich agus gur h-ann is dealasaiche a bhios sinn ann a bhì ag àrach ar cainnt agus ar cùil.

Agus a nis ann a bhì beachdachadh air an réis Chrìosduidh tha sinn a' faicinn gu bheil i *air a cur romhainn*. Is e so cor gach aon de chloinn nan daoine, toiseach agus crìoch. beatha agus bàs. Coltach ris an abhainn a tha ag éirigh 'n a caochan beag am mullach nam beann, a tha ruith gu luath sìos slìos creagach an t-sléibhe, no a' siubhal gu ciùim séimh troimh leabaidh réidh gus am bheil i a' dòrtadh a h-uisgeachan anns a' chuan. Is ann mar sin a tha ar beatha. Agus is e a' cheist air son gach mic is nighinn màthar am bheil sinn a' ruith na réis so mar is còir? Tha i air a cur romhainn an guth ar coguis, an eiseimpleir na muinntir a ghluais maille ri Dia agus a lean Crìosd, ann am facal agus òrduighean Dhe. Air son ar turuis thar cuan na beatha tha cairt-iùil agus combaist againn air son ar stiùraidh.

Cia mar a ruitheas sinn an réis? Tha an fhreagairt, no pairt di, an so "Cuireamaid dhinn gach leth trom," etc. Dh' fheumadh an luchd-ruith dealachadh ris gach cearb aod-aich agus gach unnsa feòla a bha bharrachd 's a' chòir aca, gus ceartas a thoirt dhoibh féin anns an réis.

Is ann mar so a dh' fheumas a bhì a thaobh na réise Chrìosduidh. Far an robh Iudhaich a ghabh ris an t-soisgeul bha na deas-ghnàth-an, an timchioll-ghearradh, na làithean trasgaidh, na gealaichean ùra, na biadhan glan agus neoghan, bha na nithean sin ullamh gu bhì 'g an cumail air ais bho an t-saorsa agus an lànachd a bha ann an Crìosd. Ach chà 'n iad na nithean sin a tha 'n an cnap-starra an rathad luchd-ruith na réis Chrìosduidh am measg nan cinneach. Ach tha nithean eile ann, agus tha iad trom agus doirbh, droch rùn, glòir-mhiann saoghalta, anamiannan feòlmhor, gach ni ann fein no 'n a chrann-chur a tha ag aomadh duine gu peacadh, gach buaireadh do 'm bheil e buailteach; feumar iad sin a chur a thaobh ma tha neach gu dol air aghaidh gu foirfeachd.

Ach cha ghabh so deanamh mur bi an réis



air a ruith le foighidin. A nis is e foighidin creideamh an cleachdadh, creideamh an gnìomh, feitheamh air toil Dhe. Oir cha 'n 'eil rùn Dhe air a choimblionadh an cabhaig, ach gu socair séimh, beag air bheag, uidhe air 'n uidhe, an toiseach am fochann an sin an dias agus mu dheireadh an làn arbhar anns an déis. Feumaidh iadsan a tha air an t-slighe gu Sion, agus leis am miann cumail air an t-slighe, a thoirt fainear nach ann gun iomadh deuchainn agus spàirn a choisneas iad a' bhuaidh. Feumaidh iad mar sin an réis a ruith le foighidin. A nis is e foighidin neamhnuid luachmhor am measg nan seud; is e foighidin an luchd a chumas an t-anam seasmach an measg touman cuan na beatha so, agus as eugmhais tha cunnart long-bhristidh. Tha foighidin coltach ris a' chraoibh a thilg Maois ann an uisgeachan Mharah, uislichidh e cuan searbh na trioblaid. Ach is luibh nèamhaidh phriseil an fhoighidin; cha choimeasar topas na h-Etiopia rithe; leis an òr fhiòrglanan cha mbeas i. Cia as mata a thig an gliocas so, agus c'àite am bheil ionad na tuigse? A rithist tha an fhreagairt aig Iainh, "Ag amharc air Iosa."

Ag amharc air Iosa. Uan Dhé a tha toirt 'air falbh peacaidhean an t-saoghail; Freumh agus Gineal Dhaibhidh; an Reul dhealrach agus mhaidne; aig bonn a' chroinn-cheusaidh foghlumaidh daoine leasan na foighidin. Bha fhoighidin-sa iongantach, thar gach uile thuigsinn. Thàinig e dh'ionnsuidh a mhuinntir féin agus cha do ghabh a mhuinntir fein ris, gidheadh cha d'fhàilnich a ghràdh. Sheas e le làmban sìnte do'n ionnsuidh gus an do thàirngheadh iad ris a' chrann, agus eadhon an uair sin thuit bho na lotan naomha sin tiòdhlac phriseil na slàinte. 'Nuair a dh'ambhairceas sinn airsan agus a dh'earbas sinu as, teichidh sgàilean an teagamh is na h-an-fhoighidin, agus bidh ar slighe mar sblighe an fhèirean a dhealraicheah na 's mò agus na 's mò a dh'ionnsuidh an là iomlan.

Ciod e mata àrd chuspair ar miann? An e gu'm biodh an t-slighe réidh agus na speuran daonnan soilleir. Ni h-eadh; cha 'n e sin dòigh an Fhreasdail. Cha 'n fhaigh neach an crùn gun an crann. Is e an ni bu chòir dhuinn iarraidh le ar n-uile chridhe gu'm biodh againn tomhas de 'n inntinn a bha an Criosd, an inntinn rioghail, an gleus gaisgeil, an t-anam àrd, an cridhe mor, an creideamh a sheasas an aghaidh gach càis agus cruadail, anns a' chinnt agus anns an dòchas, 'nuair a thig crìoch ar turuis agus a bhios an réis air a ruith gu'm faic sinn gnùis a' Mhaighstir am fireantachd, gu'n sàsuichear sinn nuair a dhùisgeas sinn le a choslas.

ANNS A CHATHAIR.

Tha cuimhne agad air na briathran a labhair am fàidh Ioel;

Agus tàrlaidh anns na làithean deireannaich, arsa Dia,

Dòirtidh mise de mo Spiorad air gach uile fheòil;

Agus ni 'ur mic agus 'ur nigheanan fàidheadaireachd,

Agus chi 'ur n-òganaich seallaidhean,

Agus bruadairidh 'ur seann daoine brudaran.

Ann an bliadhnachan a' chogaidh chunnaic òganaich na dùthcha so seallaidhean a chuir goirisinn air am feòil; bha dùil againn gu'n d' fhosgail sin an sùilean agus gu robh iad a nis a' faicinn sealladh eile; a' faicinn ann an spiorad na h-ionndrainn agus ann an spiorad an dòchais an sealladh a chunnaic Isaiah agus fàidhean eile,—

"Thigibh, agus rachamaid suas gu beinn Iehobhah, gu tigh Dhe Iacob, agus teagaisgidh e sinn as a shlighean, agus gluaisidh sinn 'n a cheuman, oir o Shion théid an lagh a mach, agus facal Iehobhah o Ierusalem. Agus bheir e breth eadar na cinnich, agus bheir e achmhasan do mhòran shlògh; agus buailidh iad an clàidhean gu coltairean, agus an sleaghan gu corrain-sgathaidh; cha tog cinneach claidheamh an aghaidh cinnich, agus cha 'n fhòghlum iad cogadh na's mò.

Am faodar an dòchas altrum gu'n tig an là so? Tha na fàidhean ag ràdh gu'm faod, ach tha am Morair Birkenhead ag ràdh nach fhaod. Cò dhiubh sin a chreidear?

An là roimhe thug e seachad òraid do na h-oileanaich òga ann an Oilthigh Ghlaschu. agus b'e brìgh a sheanchais nach 'eil na daoine a tha an dùil gu'n gabh cogadh cur as ach 'g am mealladh féin. Theagamh gu'n do leugh thu fhéin, a leughadair, an òraid ud cho mhaith riumsa, ach ciod air bith mar a chòrd i riutsa, tha mise co-dhin de'n bheachd nach robh innte ach fìor shoisgeul Shatain. Tha inntinn gheur is shoilleir aig an duine gun amharus, ach glé bhithianta tha Dia a' foillseachadh do na leanaban nithean a tha air am folach bho na daoine eagnaigh agus crionna. Is ann do na daoine macanta a gheall Dia gu'n treòraicheadh e iad ann am breitheanas.

Cha 'n 'eil mise de'n bheachd gur rud furasda e cogadh a chur as, no gu'n gabh an rud deanamh le bhì brudar uime agus a' guidhe air a shon. Ach tha mi gu cinnteach de'n bheachd gu'n gabh e deanamh, agus gu'm bi e air a dheanamh fhathast; gu'm bi fàistneachd Isaiah agus dhaoine diadhaidh

eile air a coimhlionadh a dh' aindeoin Bhirkenhead agus a sheòrsa. Anns na làithean so gu sònruichte, an uair a tha daoine seachd sgìth de'n obair oillteil anns an robh na rìoghachdan an sàs, agus a tha iad deas gu coltairean a dheanamh de'n clàidhean *na'n robh fhìos aca eiamar*, is suarrach an obair e do dhuine air bith, agus gu sònruichte do dhuine a shuidh ann an àrd-chathair bhreitheanais na dùthcha, tòiseachadh air innseadh dhaibh nach 'eil iad ach 'g am mealladh féin. Is suarrach an obair e do leithid Bhirkenhead cridheachan is misneach nan daoine òga ris an robh e a' bruidhinn ann an Glaschu a mheatachadh le bhì magadh air an dòchas a bha iad ag altrum 'n an cridheachan, cuid dhiubh co dhiu. Cha b' ann suas air a' bheinn a thog e iad, no sealladh air Prionnsa na sìthe a thug e dhaibh; thug e sìos leis iad do'n t-slochd-shàbhaidh is leig e fhaicinn dhaibh earbail nan cat, na bha air fhàgail de chaft Chille-Choinnich.

Anns a' h-uile dùthaich fo'n ghréin tha daoine ann a tha daonnan a' searmonachadh an t-soisgeil nach e olc uile gu léir a tha ann an cogadh; gu bheil maith ann còmhla ri olc. Their iad gu'm fàsadh daoine bog is meata mur biodh deuchainn air a chur air an duine-ealas an dràs 's a rithist; ged tha cogadh a' toirt call is uamhas is brùidealas 'n a lorg, their iad gu bheil e a' cumail beò ann an daoine subhailcean cuirp is inntinn nach gabhadh cumail beò air rathad eile. Bho chienn bhliadhnanachan bhatar a' fàgail air na Gearmailtich gur iad na h-aon daoine aig an robh an soisgeul sin, ach cha 'n 'eil sin fìor. Theagamh gu robh barrachd géill air a thoirt da le commandairean anns a' Ghearmailt na bha air a thoirt da le muinntir Bhreatainn agus na h-Èdailt, ach bha an soisgeul so air a theagasg le seòrsa sònruichte dhaoine anns a' h-uile dùthaich, agus rud as mìosa, *tha e air a shearmonachadh fhathast*. Gheibh thu e anns na leabhraichean a tha do chlann a' leughadh: gheibh thu e ann an seanchas nan daoine a thachras ort a' h-uile latha. An raoir fhéin bha mi a' leughadh leabhair a bha air a sgrìobhadh le Iain Ruskin, aon de àrd-shagartan ar litreachais, agus ged is beag de choslas Prussianach a bha air Ruskin caomh, air a shon sin bha an leabhar làn de'n teagasg so ris an abair mise soisgeul Shatain, gu bheil cogadh do'n chinneadh-daonna mar tha salann do'n iasg, 'g a chumail gun ghrodadh. A h-uile seachduinn de m' bheatha tha mise a' bruidhinn ri daoine a tha a' creidsinn sin; theagamh nach cuir iad an creideamh ann am briathran cho maol ris na briathran anns a' bheil mise 'g a chur, ach tha e a' tighinn a dh' ionnsuidh an aoin ni. Chuala mi le m'

dhà chluais e bho chùbaidean na h-eaglais cuideachd; gu'n glanadh an cogadh beatha ar sluaigh mar theine; gu robh a' mharsantachd an déidh ar daoine fhàgail bog is balbh, gu robh soirbheachadh bliadhnanach na sìthe a' milleadh duinealas na h-òigridh agus a' deanamh cait-ghrìosaich dhiubh, ach a nis gu'n cuireadh dearbhadh is cruadal a' chogaidh iarunn anns an fhuil aca. Ciod air bith a shaoileas daoine eile dheth, tha seanchas de 'n t-seòrsa sin ann am chluasan fhéin mar ghlòramas gun tùr.

Is rud nàrach e, aig an àm so ann an eachdraidh an t-saoghail, agus teagasg Chrìosd 'n ar làmhan bho chionn dlùth air dà mhìle bliadhna, nach d' fhuair na rìoghachdan Crìosduidh a mach fhathast dòigh air sìth a chumail eatorra féin no dòigh air an còraichean a chur air beulaobh cuirte seach dol a thapaid. Cha socrnich an tapaid dad. Cha socrnich an tapaid cò a tha ceart. Cha socrnich i ach *co as treasa*.

Mar a thuir mi cheana, tha e duilich dòigh fhaotainn air cogadh a chur as, ach is e so an duileadas as mò a tha anns an rathad, gu bheil uiread dhaoine anns an dùthaich so agus ann an dùthchannan eile de'n aon inntinn ris a' Mhorair Birkenhead. Cha 'n 'eil deò dòchais no creidimh 'n an cridhe gu'n gabh an rud deanamh, (agus a thaobh mòran dhiubh tha e fìor nach 'eil eadhon an toil aca) agus mar sin tha iad a' suidhe air an deasgàinnibh, leagta ris an olc uamhasach so fhulang 'n am measg. Ma their thu riutha nach e toil Dhe gu'n cuireadh iad suas leis, crathaidh iad an cinn agus their iad riut, *An ni a bha ann is e an ni sin féin a bhitheas ann, agus an ni a rinneadh is e an ni sin féin a nithear; agus cha 'n 'eil ni sam bith nuadh fo'n ghréin*.

Cha 'n 'eil anns an dùthaich so fhathast ach àireamh bheag de dhaoine a tha air am bioradh 'n an coguis a chionn gu bheil iad a' comh-phàirteachadh ann an aingidheachd cogaidh, agus ciod is urrainn an àireamh bheag sin de dhaoine nach 'eil aon chuid cumhachdach no usal no glic a thaobh na feòla a dheanamh an aghaidh uachdaranachdaibh, is cumhachdaibh, is riaghlairibh dorchadais an t-saoghail, is aingidheachd spioradail ann an ionadaibh àrda? Ach biodh iad fo dheagh mhìsnich. Tha Dia air an taobh; tha solus reusoin air an taobh; tha na faireachduinnean is fheàrr ann an cridhe mhic an duine air an taobh, agus thig an latha fhathast anns am bi na fàidhean air am fireanachadh agus Birkenhead air a chur fo amhludh. An dòchas a tha an diugh aig a' bheagan, bidh e fhathast 'n a chreideamh làidir aig a' mhòran. Agus cho luath 's a chreideas a' mhòr-efuideachd gu'n gabh cogadh cur as, *bithidh e as*.

Faint, illegible text, possibly bleed-through from the reverse side of the page. The text is arranged in two columns and is too light to transcribe accurately.



ANNS A CHATHAIR.

Bho chionn ghoirid thachair dhomh a bhi 'n am shuidhe aig dinneir làimh ri boirionnach làidir fearail nach fhaca mi riamh roimhe, agus bho nach b' urrainn domh smuaineachadh air rud eile air am bruidh-ninn rithe, thug mi tarrauing air Tutankamon, agus aig bodach na sluasaid a tha a' cladhach na h-uagha aige. Ach cha robh fhios aice air an t-saoghal cò a bha ann an Tutankamon, agus a thuilleadh air sin, bha i caoin-shuarach ged nach robh. Chunnais mise gu'n do chuir mi mi fhéin ann an crois, agus dh' fheuch mi ri seachas eile fhaotainn, ach sin cha leigeadh i leam, agus b' fheudar dhomh dol troimh sgonn maith de'n naigh-eachd m' an do leig i leam stad. Agus air a' cheann mu dheireadh b'e so a thubhairt i, "B' fheàrr do na daoine ris an abair thusa bodaich na sluasaid fuireach aig an tigh agus na garaidhean-càil aca fhéin a ruambar leò seach a bhi dol do'n Eiphit a shiubhal chorp is chnàmban is treathlaich gun fhéum." Bha am boirionnach làidir fearail, is cha robh de mhisnich agam-sa na dheanadh argumaid rithe, ach 'n am shuidhe anns a' chathair so, agus uile mhnathan an t-saoghail air taobh-a-muigh na còmhlaidh, faodaidh mi saorsa m' inntinn agus mo choguis a ohleachdadh, agus a ràdh gu farumach, nach b' urrainn an t-sluasaid obair eile fhaotainn is aighearaiche do'n fhear a tha air a cùl, no is buannachdaile do'n t-saoghal, na bhi a' cladhach nan uaighean anns an Eiphit. Tha meas mòr agam-sa air bodaich na sluasaid, agus tha mi a' creidsinn gur airidh an duine a thilgeas aon leus beag soluis air na làithean a dh' aom air barrachd urrainn na ged a thogadh e lan pollaig de bhuntata leis an t-sluasaid. Cha tig mac an duine beò air buntata no currain a mhàin.

Ach ged tha gu leòir anns na paipearan mu Tutankamon cha robh e idir 'n a dhuine cho glic no cho comasach ri 'athair-céile, Akhnaton. B'e Akhnaton aon de iongantasan an t-seann t-saoghail; bha tuigse is breithneachadh aige air cùrsa a' chruthachaidh agus air dìomhaireachd na diadhaidheachd nach 'eil aig mòran dhaoine an diugh fhatbast. Bha e fada na bu ghlice na am Morair Birkenhead, oir cha robh e a' creidsinn ann an cogadh. Tha cuid de bhodaich na sluasaid ann beachd gur ann bhuaith a fhuair na h-Judhaich an ceathramh salm thar a chòig fichead. Ach feumaidh mi a ràdh nach 'eil sgoilearan a' Bhiobuill a'

gabhadh ris a' bheachd sin, ged tha iad ag aideachadh gu bheil ceangal air chor-eigin eadar an laoidh aig Akhnaton agus salm an t-sahnadair. Cha robh an laoidh air a cur riamh ann an Gàidhlig, ach tha e furasda gu leòir dhomh fhéin sin a dheanamh.

LAOIDH AKHNATON.

Tha an saoghal ann an dorchadas mar na mairbh. Thig na leòmhain a mach as a' gharaidh. (Salm, civ. 20).

'Nuair dh' éireas tu aig bun-bac na speur teichidh an dorchadas; An sin ni iad uile an obair. (Salm, civ. 22).

Tha na craobhan agus na luibhean fò bhlàth na h-eòin ag itealaich mu'n lòn agus na caoirich a' leumartaich. (Salm, civ. 16).

Sios is suas seòlaidh na longan . . . leumaidh an t-iasg anns an abhainn ann a'd' làthair; tha do ghathan ann am meadhon a' chuain mhòir. (Salm, civ. 25).

Cia lòn-mhor t' oibre uile. Chruthaich thu an talamh a réir do mhiann,—daoine, agus beathaichean agus na tha air 'uachdar. (Salm, civ. 24).

Chuir thu abhainn anns na nèamhan, chum gu'n tigeadh tuiltean air na heanntan . . . a dh' uisgeachadh nan achaidhean. Tha abhainn nan speur a chum seirbhais nan coigreach, agus air son beathaichean gach uile thìr. (Salm, civ. 13).

Rinn thu na h-aimsirean éirigh, is deàlradh, is luidhe. (Salm, civ. 19).

Feithidh an saoghal uile air do làimh . . . An uair a dh' éireas tu bidh iad beò; an uair a luidheas tu gheibh iad bàs. (Salm, civ. 27).

Rinn an salmadair an t-salm do Iehobhab, ach b' ann do'n ghréin a rinn Akhnaton an laoidh. Faodaidh e bhith gu robh iad le chéile air an stéidheachadh air laoidh a bu shine, no gu'm b' aithne do shalmadair Israeil an t-seann laoidh so, agus gu'n do ghabh e iasad aise an uair a bha e a' deanamh na sailm, ach eo dhiù tha iad càirdeach.

Fhuaradh an uaigh aig Akhnaton bho chionn sé bliadhna deug, agus faodar a chorp fhaicinn an diugh ann am Museum. A mach o Mhaois cha robh duine anns an t-seann t-saoghal a ràinig ìre cho àrd ann an spioradalachd ri Akhnaton, agus their cuid gu robh e fada air thoiseach air Maois fhéin. Dh' fheuch e ri beachdan a shluaigh atharrachadh a thaobh nan diathan d' an robh iad ag aoradh, agus chuir e air chois creideamh ùr anns an Eiphit. An àite a bhi ag aoradh do mhòran dhiathan mar a bha 'aithrichean agus a shluaigh, dh' àrdaich an duine ud aon dia os cionn nan uile, an dia Aton. Their cuid gur e Aton a' ghrìan, ach cha b' ann do'n ghréin a bha Akhnaton

ag aoradh ach do'n Chumhachd neo-fhaicsinneach a tha air a cùl. Nach e sin an Dia d' am bheil Criosduidhean ag aoradh cuid-eachd, ged is aithne dhuinn tuilleadh d'a oibre ann an eachdraidh an t-saoghail na b' aithne do Akhnaton! An uair a chuimhnichear gu robh an duine so beò ceithir cheud deug bliadhna roimh theachd Chrìosd, faodar a thuigsinn gu robh e fada fada air thoiseach air a linn féin. Aig àm anns an robh daoine eile a' smuaineachadh gu robh na diathan coltach riu fhéin, ach a mhàin rud beag na bu mhotha, ràinig an duine so air an fhirinn, gur spiorad Dia. Dh' iarr e air a shlugh Dia iarraidh, cha 'n ann ann an iobairtean no ann an samhlaidhean, ach am measg nam flùraichean agus nan craobhan, am measg nan eun agus an éisg, ann an toilinntean an t-samhraidh agus an t-soluis.

SIOL NA H-EAGLAIS.

Air dha bhì marbh tha e fathast a' labhairt. Eabh. xi, 4.

Tha trì dùthchanna beag ann a chuir an saoghal uile fo fhìachan daibh,—a' Ghréig, agus Canaan, agus Albainn; agus dhiubh sin, is ann ri Albainn a tha na cinnich ag éigheach an diugh, Thigibh thairis agus cuidichibh leinne. An uair a thoisichear air cunntas nan daoine a chaidh a mach le lòchran na Fìrinn do dhùthchannan a bha 'n an luidhe ann an dorchadas, gheibhear mòran de na daoine againn féin 'n am measg; Mungo Park is Daibhidh Mac an Léigh; J. C. Paton is Seumas Chalmers; Raibeart Laws is Dòmhnall Friseal; daoine nu'm faodar a ràdh ann an da rìreadh, gu'n do cheannsaich iad rìoghachdan agus gu'n d' oibrich iad fireantachd.

Bu mhaith leam aig toiseach bliadhna eile a' cheud àite air an duilleig so a thoirt do dhuine a chaidh leis an t-soisgeul do thìr chéin. Tha e iomchuidh gu'n deanamaid an dràs 's a rithist mar a dh' iarr mac Shirach, gu molamaid daoine ainmeil, ach tha sin a' togail na ceiste, Cò iad na daoine as fhìach an moladh? Cha ruig mise leas commandairean airm a mholadh, no daoine mòra na Pàrlamaid, no tighearnan a' mharaidh, no seòrsa air bith eile a tha daonnan ann am beul agus ann an sùilean an t-sluaigh. Cha 'n 'eil dearmad air a dheanamh air an t-seòrsa sin uair air bith, ach tha dearmad air a dheanamh air ar soisgeulaichean ann an tìrean céin, a chionn nach 'eil an obair-san air a deanamh ann am follais an t-saoghail ach ann an uaigneas an fhàsaich. Ach ged nach cluinnear an guth

anns na sràidean, agus ged nach aithne do'n mhòr-chuideachd eadhon an ainmean, sud na daoine a tha ag ullachadh slighe an Tigh-earna agus a' suidheachadh bunaitean a rìoghachd air thalamh.

Thug Ardrìshaig tìodhlac maith do aobhar an t-soisgeil anns an linn so, Seumas Chalmers do na h-eileanan mu dheas, agus Dòmhnall Friseal do Africa. Tha seann chàirdeas eadar na h-iasgairnean agus an soisgeul, càirdeas a tha iasgairnean na dùthcha a' cumail suas fhathast, air chor agus gu robh e freagarrach gu leòir gu'n tigeadh abstoil á Loch Fìnn.

Thogadh Seumas Chalmers ann am baile Ionaraora, agus is ann anns an sgoil Shàbaid aig Mgr. Meikle, ministir na h-eaglais U.P., a rinn e suas inntinn gu rachadh e a mach mar shoisgeulaiche. Leugh Mgr. Meikle do'n chloinn litir a bha ann an leabhar na h-eaglais bho shoisgeulaiche ann am Fìji, ag innseadh mu chinneach borb a bhiodh a' mort dhaoine los am feòil itheadh, agus an déidh dha an litir a leughadh thubhairt e riutha, "Co aige a tha fhios nach 'eil balach air chor-eigin an so an diugh a theid a mach leis an t-soisgeul thuca!"

Bhòidich Seumas Chalmers 'n a chridhe gu rachadh esan ann, ach cha d'innis e sin do chàch, oir cha robh fhios aige ciamar a ghabhadh e deanamh. Bha a phàrantan bochd; cha b' urrainn daibh a chur do'n Oil-thigh, is cha robh dòigh aige air a' mhinistrealachd a thoirt a mach. Ach far am bheil an toil làidir agus an cridhe òg is dòchasach, gheibhear dòigh eadhon air na beanntan a charachadh, agus ged a b' fheudar dha faighidinn a chleachdadh, mu dheireadh dh' fhosgail na dorsan roimhe, agus ann an 1866 sheòl e á Lunnainn gu Rarotonga, aon de na h-eileanan anns a' Phacific.

Cha 'n 'eil cuan air an t-saoghal anns a bheil uiread eileanan ris a' Phacific mu dheas; eileanan an àigh far am bheil blàths is toradh, gun ghràin gun diù idir annta ach a mhàin na daoine a tha 'g an àiteachadh. Theagamh gur e an t-eilean as fheàrr is aithne do mhuinntir na dùthcha so, *Samoa*, an t-eilean anns an do rinn R. L. Stevenson a dhachaidh ann an deireadh a làithean, agus far an do sgrìobh e cuid de na sgeulachdan gasda a dh' innis Calum na Cròige dha an uair a bha e auns an Ros Mhuileach. Ged nach robh R. L. Stevenson ro thoigheach air ministearan no air eaglaisean bha meas mòr aige air Seumas Chalmers. An déidh dhaibh tachairt air a chéile thall air taobh eile an t-saoghail sgrìobh Stevenson dhachaidh, "Cha b' urrainn do dhuine air an t-saoghal eòlas a chur air Seumas Chalmers

gun ghaol a ghabhail air. Tha gu leòir de fhàilingean ann, coltach ruinn uile, ach tha e *cho mòr ri eaglais.* Ciod a b' fheàrr a b' urrainnear a ràdh mu dhuine air bith na sin, oir tha an eaglais 'n a fianuis air na nithean a tha fìor is urramach is uasal.

Tha mòran dhaoine an dùil nach 'eil dad r'a dheanamh aig soisgeulaichean am measg nan cinneach ach am Biobull a leughadh agus a mhìneachadh dhaibh. Ach m' an gabh am Biobull a bhi air a leughadh dhaibh, feumaidh e a bhi air a thionndadh do'n chànan a tha iad a' bruidhinn, agus m' an gabh sin deanamh feumaidh an soisgeulaiche a chànan ionnsachadh. Anns na dùthebhannan ud feumaidh an soisgeulaiche fichead ceaird a bhi air a làimh; tha e 'n a mhinistir, 'n a mhaighstir sgoil, 'n a shaor. 'n a ghobhainn, 'n a mharsanta, 'n a bhàillidh, 'n a dhotair. A thuilleadh air innleachdan eile a ghabh Seumas Chalmers air na daoine ud a theagasg thòisich e air paipear-naigheachd a dheanamh air an son le làmhnan fhéin. Cha robh am paipear-naigheachd mòr gun teagamh, ach bha e mòr gu leòir airson nan droch sgoilearan a bhiodh 'g a leughadh. Theagasg e na boirionnaich ann am banachas-tighe, agus na firionnaich ann an obair fearainn, ach cha robh e furasda dha leigheas fhaotainn air son na leisge a bha ceangailte riu.

An déidh dha saothrachadh deich bliadhna ann an Aratonga chaidh e do Phapua, no mar theirear ris mar is trice, do New Guinea. A mach o Astralia, is e Papua eilean as motha air an t-saoghal; tha e a thri uiread Bhreatuinn. Tha aon abhainn ann a tha sé ceud mìle air fad, agus tha an t-eilean uile gu léir cho maith a thaobh sìde is gruinnd, 's nach robh ann an tìr a' gheallaidh ach fonn bochd làimh ris. Ach bha an sluagh fad air an ais; aig an ìre anns an robh Breatuinn an uair a bha ar n-aithrichean a' fuireach anns na coiltean agus a' tighinn beò mar na beathaichean.

Cha robh eòlas aca air an t-saoghal neo-fhaicsinneach ach a mhàin so, gu robh iad a' creidsinn gu robh e làn de dhroch spioradan a dh' fhaodadh cron a dheanamh orra. Ma bha greim de'n lòinidh a' tighinn ann an druim seann chaillich, is e droch spiorad a bha an sàs innte; ma bha cearc no muc a' faotainn a' bhàis agus gun fuighair ris, is e droch spiorad air chor-eigin a bha a' nochdadh a mhioruin do'n teaghlach. Bho am breith gu am bàs, bha iad fo dhaorsa an eagail: eagail aig aon bhaile roimh bhaile eile; eagail air gach duine roimh a choimhearsnach; agus eagail orra uile roimh na spioradan neo-fhaicsinneach a bha 'g an cuartachadh. Do dhaoine a bha fo bhuaidh

eagail mar bha na daoine ud, cha robh e furasda do Sheumas Chalmers creideamh a dhùsgadh 'n an cridheachan ann an Dia tròcaireach is gràdhach. Bha e do-chreidsinn le mòran diubh nach robh Athair nan spioradan a' gabhail thachd ann an cron a dheanamh air cloinn-daoine; theireadh iad nach b' fhiach dha cumhadh a bhi aige mur faodadh e cluich le daoine mar a chluicheas an cat ri luch. Ach a mheud dhiubh 's a chreid an soisgeul, bha iad air an saoradh bho chumhadh an eagail, agus air an saoradh cuideachd bho na droch cleachdanna a bha aig an aithrichean.

B'e an cleachdadh a b' uamhasaiche a bha aca uile gu léir, gu'm biodh iad ag itheadh feòil dhaonda. B' fheàrr leò i na sitheann. A' cheud tigh anns an d' fhuirich Chalmers, gus am biodh tigh dha fhéin air a thogail, bha na ballachan aige air a dheanamh riòmhach le claiginn dhaoine. Cho luath 's a chaidh e air tìr bha sgaoth dhiubh mu'n cuairt air, le boghachan is saighdean is sleaghan 'n an làmhnan, ag iarraidh air a sporan a liubhairt air neo gu'm mortadh iad e. Dh' fheumadh deagh chridhe a bhi aig duine gus a làrach a sheasamh am measg dhaoine de'n t-seòrsa sin, ach bha sin aig Chalmers, agus thubhairt e riu anns an aodann, nach robh eagail no giorag air romhpa. Thubhairt e gu'n d' thàinig e thuca mar charaid le deagh sgeul an t-soisgeil; gu'n d' thàinig e gun armachd cuideachd. Chuir so air an ais iad, oir tha freumh beag de'n uaisle anns a' choguis nàdurra, ged nach biodh a' choguis ach ann an com trusdair.

Uigh ar n-uigh dh' fhàs e eòlach air gné is dòighean nan daoine, agus dh' fhàs iadsan eòlach air an duine gheal. Ach ged a bha an fheadhainn a ghabh ris an t-soisgeal, anabarrach dìleas dha, cho dìleas 's gu'n dìonadh iad e gu bàs, dh' fheumadh e daonnan a bhi 'n a earalas air càch. A h-uile uair a rachadh e do bhaile ùr, bha e a' ruith cunnairt, air chor agus gu'm feumadh e, a là agus a dh' oidhche, suil a bhi ann an cùl a chinn. Bha iad uile 'n am meirlich; cha mhòr nach tugadh iad dheth an t-aodach a bha uime. Bha dà nì a bhiodh e a' gleidheadh 'n a phòcannan air son a thoirtdaibh, tombaca is salann. Bheireadh iad an leth shùil air erioman tombaca, agus b' fheàrr leò greim salainn na siùcar. Bhiodh diadhairean na h-eaglais a chuir a mach Chalmers do Phapua air uairean a' gearan gu robh e a' cosg tuilleadh 's a chòir de thombaca, ach bha an tombaca 'na mheadhon air gean-maith a chosnadh dha bho dhaoine nach bu mhaith dha a bhi 'n an eisiomail an uair a bhiodh an Carghus orra. Bha an sluagh borb is fuilteach gun teagamh,

ach bha Chalmers 'n a dhuine cho càirdeil 's gu'n do tharruing e thuige fhéin iad gu h-iongantach. Cha robh fuighair aige gu'm faicteadh miorbhuilean ann am Papua, no gu'n tachradh ann ionghnaidhean mar a thachair air là na Caingis; bhiodh e ag ràdh nach robh dòigh eile air na h-eileanan ud a chosnadh do Chrìosd ach an aon dòigh so, teachdairean Chrìosd a bhi nochdadh gràdh is irioslachd am Maighstir 'n am beatha féin. Far am bheil an sìòl sin air a chur bidh fàs is cinneas daonnan.

Ann an 1886 thàinig e air ais do'n dùth-aich so, air iarrtus a' chomuinn a chuir a mach e. Cha robh e fhéin air son tighinn a nall idir, oir bha e an dùil gu robh e air fàs tuilleadh is coltach ris na daoine a bha e 'n am measg, agus gu robh e an déidh modhannan na h-Alba a chall, 'n a bhìadh agus 'n a aodach. Ach bha an Comunn air son cothrom a thoirt dha stad d'a obair fad bliadhna, agus cothrom a thoirt daibh féin seachna a dheanamh ris agus a bheachd fhaotainn air nithean a bhuineadh do aobhar an t-soisgeil air feadh an t-saoghail. B'e sud a' bhliadhna gum fhois do Sheumas Chalmers! Air feadh na rìoghachd uile bha na mìltean a bha air son fhaicinn agus a chluinntinn, oir bha iad a' chluinntinn bho chionn bhliadhnachan bho luchd-turuis a thàinig air an ais as na h-eileanan mu dheas mu'n obair a bha an soisgeulaiche so a' deanamh an measg nan cinneach ann am Papua, na dòighean neònach a bha aige air an riaghladh, agus an t-ùghdarras a bha aige 'n am measg. B' fheadar dha dol troimh na bailtean mor, a dh' innseadh do dhaoine m'a obair, agus troimh bhailtean beaga cuideachd. Ann an Ionaraora thàinig ocd ceud duine a mach a dh' éisdeachd ris, agus Mac Caillein fhéin air an ceann.

Bha Breatunn a' tagar còir air pàirt de eilean Phapua, agus a thaobh 's gu robh Seumas Chalmers 'n a rìgh beag anns an àite co-dhiu, thairg luchd-comhairle na Pàrlamaid posta dha ann an seirbhis na Banrigh ann am Papua. Ach cha ghabhadh e e; b' fheàrr leis dol air ais mar shoisgeulaiche. Bha e cinnteach nach 'eil rud air an t-saoghal cho cumhachdach gus daoine a thogail as an dorchadas agus as an aineolas ris an t-soisgeul, agus bhiodh e ag ràdh cuideachd, gu'm bu mhaith do Bhreatunn na'n cuireadh i a soisgeulaichean a dh' ionnsuidh nan dùthchannan thall m'an cuireadh i a mach thuca a marsantan, agus a saighdearan, is daoine eile a tha air thòir an fhortain. Cha 'n 'eil teachdairean an t-soisgeil iomlan na's mò na daoine eile, ach co dhiu cha 'n ann air ghaol buannachd a tha iad a' dol a mach; cha 'n ann a reic uisge-bheatha, no calico

grod, no gunnachan, no opium, ach a thoirt daibh focal na beatha. Eadhon ann am Papua b'e deòch làidir nàmhaid a bu mhiosa a thachair air Seumas Chalmers. Bha uisge-beatha Bhreatuinn air a chur a mach thuca, a chur cuthach anns na h-eanchainnean aca. Gheibh an deoch buaidh daonnan air an duine dhubb, oir tha e cho neo-stuama ri pàisde. Ach ciod a theirear ris an duine gheal a chumas ris an duine dhubb na dh' òlas e, air ghaol na sgillinn!


Na còig bliadhnachan mu dheireadh a bha e thall dh' fhuiling e mòran trioblaid 'n a thigh, agus 'n a bhoidhig, agus 'n a inntinn. Bha a bhean tinn; bha lóinidh is fiabhrus 'ga phianadh fhéin, agus bha an obair trom trom. Bha e a' dol am measg threubhan coimheach, a' feuchainn ri dorsan ùra fhosgladh do'n t-soisgeul, ach bha na treubhan sin fuar is borb ris. Air uairean bhiodh e fhéin agus a bhean dà cheud mìle o'n duine gheal a bu dlùithe dhaibh, air an cuartachadh le daoine as nach b' urrainn daibh earbsa a chur aon mhionaid. Dh' fheumadh e air uairean a shùilean a chumail fosgailte an uair a bhiodh e ag ùrnuigh, air eagal gu'n cuireadh duine de na bha 'ga éisdeachd saighead ann, no gu'm buailteadh tuagh air anns a' cheann.

Ann an 1900 shìubhail a' bhean; dh' fhàg sin e aonaranach gun chompanach, ach cha b' fhada a bha iad dealaichte, oir bha e fhéin air a mhòrt an ath bhliadhna. Tha e coltach gu'n deachaidh cuid de na treubhan borb ud ann an co-bheinn, gu'm marbhadh iad na daoine geala; fhuair iad cothrom air Chalmers agus duine eile a bha còmhla ris, agus mhòrt iad iad. Thug iad an cuirp do na mnathan gus am bruich agus an itheadh. Chuir Breatunn long-chogaidh a mach 'g am peanasachadh, agus ann an aon de na bailtean anns an deachaidh na seòladairean air tìr fhuair iad deich mìle claigeann. Baile nam mortairean da rìreadh.

Ach ged tha Seumas Chalmers marbh, tha e fhathast a' labhairt. Tha e a' labhairt ri daoine òga gu sònruichte; agus is e so a tha e ag ràdh riu, nach 'eil seirbhis air an t-saoghal cho urramach ri seirbhis a dheanamh do rìoghachd Dhé, agus gur e na daoine as fhìach am moladh, na daoine a tha toileach cruadal fhuilang air sgàth Chrìosd.

An uair a chaidh an naigheachd a mach gu'n do mhòrtadh e thairg fear de na bha air am iompachadh leis ann an Rarotonga dol do'n bhaile anns an do mharbhadh e, agus a bheatha a chur seachad ann, a chur iompaidh orra aithreachas a dheanamh agus gabhail ris an t-soisgeul. Sin mar tha an eaglais a' fàs, air a togail air fuil nam martarach.

The text on this page is extremely faint and illegible. It appears to be a standard page of printed matter, possibly a book or a document, but the characters and words cannot be discerned. The page is otherwise blank with some minor scanning artifacts.



AN DIADHAIDHEACHD FHIORGHLAN.

Is i so an diadhaidheachd fhìorghlan agus neo-shalach am fianais Dhé agus an Athar, dìlleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaid.—Seumas, i 27.

Air là Nollaig anns an eaglais, agus sinn cruinn gu bhith toirt molaidh do 'n Tighearna gu'n do rugadh an leanabh naomh ann am Bethlehem, chruinnich sinn suim airgid agus chuir sinn e gus na Tighean-fasgaidh aig Quarrier aig Drochaid-Weir, far a bheil e a' deanamh obair mhòr is iongantach air son cloinne a chaill am pàrantan. An cois na litreach a thàinig air ais thugainn air son ar tabhartais, bha leabhar beag anns a bheil cunntas air a thoirt air obair na h-ìochd a tha dol air aghaidh aig Drochaid-Weir. An raoid fhéin leugh mi an leabhar so, agus bu mhaith leam iomradh a dheanamh air anus an àireamh so, an dòchas gu'n cuidich an fheadhainn sin d'ar luchd-leughaidh as urrainn a dheanamh, agus nach 'eil 'ga dheanamh cheana, an obair Chrìosdail so.

Anns a' bhliadhna 1874 thàinig D. L. Moody a nall do 'n dùthaich so, agus ann an lorg a theachd bha dùsgadh ann an Albainn a dh' ath-bheòthaich na h-eaglaisean uile; dùsgadh a dh' fhàg toradh 'na dhéidh a chithear gus an là an diugh. Tha e air a ràdh gu'n d' thug an dùsgadh sin do'n eaglais Shaoir na foirich a b' fheàrr a bha riamh aice, agus gur e Moody a shàbhail i o'n tiormachd a bha bagairt oirre an uair a thòisich a ministearan air an sgoilearachd ùr. Biodh sin mar a bhitheas e, ach co dhìù b'e 1874 bliadhna na saorsa agus na slàinte ann an Albainn.

An uair a thàinig D. L. Moody do Ghlaschu bha e air a bhioradh 'n a chridhe le seallaidhean a chunnaic e air na sràidean, clann bheag is neul an acrais air an aodainn, gun stiall de'n aodach orra, cas-rùisgte is ceann-rùisgte. Ghairm e coinneamh ach an gabhadh dad deanamh air an son. Am measg nan daoine a chaidh do'n choinneamh sin bha Uilleam Quarrier, duine aig an robh gaol air na leanaban, agus a bha cheana a' deanamh a dhìchill gus cobhair a thoirt daibh. Bho thàinig e gu ìre duine bha e 'na inntinn tòiseachadh air na dìlleachdain a theàrnadh le dachaidh ùr a thoirt daibh ann an Tighean-fasgaidh a bhiodh air an togail air an son. Dh' innis e do chàch ciod a bha 'n a inntinn, agus thug iad uile am beannachd dha. Cheannaich e dà fhichead acair de fhearann aig Drochaid-Weir, agus thòisich e air na Tighean-fasgaidh a fhogail, a réir mar bha comas aige dol air aghaidh.

Ann am beagan bhliadhnachan bha deich Tighean aige, agus iad uile làn de chloinn. Ach a h-uile bliadhna bha an obair a' fàs, is bha daoine caomhail eile 'ga chuideachadh cho fialaidh 's nach b' fhada gus am b' fheudar dha tuilleadh fearainn a cheannach. Dh' fhàs an aon bheag 'na mìle, agus na deich tighean 'n am baile mòr, oir luathaich an Tighearna an obair 'na thràth. An diugh tha oighreachd bheag aca, sé fichead deug acair air a bheil trì fichead 's a còig deug de thighean, agus còrr air dà mhìle duine anna. A thuilleadh air fasgadh a thoirt do dhìlleachdain agus do chloinn eile a tha gun chùl-taice tha na tighean-dèidh so a' gabhail ri truaghain eile, ri daoine air a bheil caitheamh no an timneas-tuiteamach agus nach h-urrainn an aire a thoirt daibh féin.

Gus an obair mhaith so a chumail air a h-aghaidh tha £70,000 a dhìth orra a h-uile bliadhna, ach ged a tha an t-suim mòr, tha iad a' faotainn an airgid gu réidh, agus cha robh iad riamh ann an ainbheach. Coltach ri Seòras Müller a bha ann am Bristol, agus ri Mairi Slessor a bha 'n a soisgeulaiche ann an Calabar, cha 'n 'eil iad a' gabhail dòigh shònruichte air bith air an airgid so a thrusadh ach a mhàin gu bheil iad 'g a iarraidh air Dia ann an ùrnuigh, agus tha an iarrtus air a thoirt daibh. Tha mòran dhaoine ann nach creid facal dheth so, a shaoileas nach 'eil ann ach faoineas no eadhon ladarnas ar taic a leigeil ri Dia anns an dòigh so agus ar cùisean fhàgail 'n a làmhan. Tha fhios agam glé mhaith nach cuireadh dad a b' urrainn mise a ràdh riu as am beachd iad, agus mar sin cha téid mi ann an argumaid riu, ach is e so aon ni a their mi, nach ann aig na t-anacrideich a tha am fiosrachadh as fheàrr air dòighean is cumhachd an Tighearna ach aca-san a tha cur an uile earbsa ann. "Tha rùn-diòmh-air an Tighearna aca-san d'an eagal e." Duine a tha a chridhe socruichte air Dia, agus 'anam aonaichte is coisrigte d'a sheirbhis, sin agad duine a chuireas beanntan as an rathad le ùrnuigh.

Uile gu léir fhuair còrr is seachd mìle deug de chloinn (17,824) dachaidh bhlàth is oileanachadh diadhaidh anns na Tighean so, agus dhiubh sin bha 6,607 air an cur a mach do Chanada, a dhol air ceann an cosnaidh. Shoirbhich an saoghal gu maith le cuid dhiubh, agus a h-uile bliadhna tha iad a' cuimhneachadh nan Tighean-fasgaidh aig Quarrier, a thog as a' chlàbar iad agus a shocruidh an casan air a' charraig. Bho gach dùthaich fo'n ghréin, agus leis gach

posta, tha litrichean de 'n t-seòrsa so a' tighinn gu Drochaid-Weir o dhaoine aig a bheil spiorad Chrìosd 'n an cridhe.

Hankow ann an China.

“Tha mi a' cur thugaibh còig puinnnd Shasunnach le mo bheannachd. Na bithibh aig an dragh fios-freagairt a thoirt do'n litir so, oir cha 'n aithne dhuibh mi agus cha 'n aithne dhomhsa sibhse. Ach chuala mi mu 'n obair a tha sibh a' deanamh as leth na cloinne, agus bu mhaith leam beagan cuideachaidh a dheanamh leibh.”

Is e so obair an Tighearna, da-rìreadh; obair a dh' fhaodas a bhi air a h-ainmeachadh maille ris na h-ìongantasan a leughar ann an Gnìomharan nan abstol, toradh an Spioraid Naomh. Tha cuimhne agaibh air an fhacal a thubhairt Lucas ann an toiseach an leabhair sin, “na nithean,” ars' esan, “a thoisich Crìosd air a dheanamh.” Thòisich obair Chrìosd bho chionn dlùth air dà mhìle bliadhna, ach cha do sguir i fhathast agus cha sguir i gu bràth gus am bi toil Dhé air a deanamh air an talamh mar tha i air a deanamh ann an nèamh. Cha 'n e toil Dhé gu'm biodh pàisdean a' fulang an acrais, ach ciod am meadhon a tha aig Dia air a thoil a chur an gnìomh ach làmhnan caomhail is cridheachan fial a shluaigh? “Is mise an fhionain,” arsa Crìosd, “agus is sibhse na geugan.” Tha am facal sin domhain is brioghmhor, agus tha e a' ciallachadh rud no dhà, ach am measg nithean eile tha e a' ciallachadh so, gur e luchd-leanmhuinn Chrìosd an diugh, ann an da-rìreadh, a làmhnan agus a chàsan leis a bheil an Slàn-uirgear a' dol a mach air thurasan na tròcair. Ma tha cridheachan spìocach againne, is làmhnan dùinte, is casan mall, nach 'eil sinn a' cumhannachadh tròcair an Tighearna, agus a' cur bacadh air 'obair?

Tha an sean-fhacal ag radh nach cron e ann an duine a bhi fial, agus tha an soisgeul ag ràdh an ni ceudna. Cha toigh le Dia daoine beag cumhann spìocach nach smuainich latha 's a' bhliadhna ach orra fhéin, ach is toigh leis daoine anns a bheil ìochd. Tha e féin ìochmhor is uasal, agus ghràdh-aich e an saoghal cho mòr 's gu'n d' thug e seachad a Mhac.

Tha iomadh dòigh ann anns am faod duine spiorad na diadhaidheachd a nochdadh, ach cha 'n aithne dhomhsa dòigh as fheàrr na 'n dòigh a chomhairlich an t-abstol Seumas duinn an uair a thubhairt e, “Is e so an diadhaidheachd fhìorghlan agus neosalach am fianuis Dhe agus an Athar, dìlleachdain fhiosrachadh 'n an trioblaid.” Ma shoirbhich Dia leat, a leughadair, agus gur h-urrainn duit a dheanamh, cuir do làmh 'n ad phòca agus thoir cuideachadh do na doine a tha cuideachadh nam pàisdean

anns na Tighean-fasgaidh aig Quarrier ann an Drochaid-Weir.

ANN S A CHATHAIR.

Tha mi dol a dh' innseadh dhuibh naigh-eachd a tha glé neònach, ach air eagal gu'n saoil sibh gur e Calum na Cròige a dh' innis dhomh fhéin i, bu mhaith leam a ràdh nach e idir ach Seònaid Eachainn. Agus cò urrainn as fheàrr na Seònaid?

Theagamh gu bheil cuimhne agaibh gu'n d' innis mi dhuibh an uiridh gu robh an t-Urr. Niall Mac Phàrlain, B.D., air a shuidheachadh ann an Cille-Sgumain. Cha chuala mise riamh e a' searmonachadh, ach bidh mo sheann bhan-charaid, Seònaid Eachainn, ag innseadh dhomh gu bheil e anabarrach cuimseach leis na sean-fhacail, agus gu'm bi e daonnan 'g an uisneachadh anns an t-searmon Ghàidhlig. Air feasgar Sàbaid, aig an àm anns an robh an dùthaich a' taghadh buill na Pàrlamaid, bha e a' searmonachadh air a' cheann-teagaisg, “Bithidh eòlas agaibh air an fhìrinn, agus ni an fhìrinn saor sibh,” agus am measg nithean eile a thubhairt e, dh' aithris e an rann so,

Tha 'n fhìrinn gu cliùteach sona,
Cha chron air duine bhi fial,
'S fheàrr beagan anns an onoir
Na 'n donas is ceithir cheud.

Cò a bha 'n a shuidhe ann an eaglais Chille-Sgumain air an fheasgar ud ach Sir Ioctan Nimrod, sealgair cumhachdach an làthair an Tighearna, agus e air tighinn a nall as an Oban a ghleidheadh coinnmh ann an Cille-Sgumain, oir bha e ag iarraidh a steach do'n Phàrlamaid.

Bha Sir Ioctan mòran na b' eòlaiche air balgairan is cearcan-fraoich na bha e air riaghladh na dùthcha, agus na'n leighteadh leis, b'e Tigh nan Cumantan an t-àite mu dheireadh air thalamh a dh' iarraidh e dol ann. B' fheàrr leis aon là a' ruagadh shionnach na mìle là ann an cùirtibh na Pàrlamaid. Ach chuir daoine eile an cinn r'a chéile agus chuir iad romhpa gu'm feumadh Sir Ioctan dol do'n Pharlamaid, a chumail Iompaireachd Bhreatainn air a casan agus a chumail nam Bolseabhaicean fo smachd. Bha deagh charaid 's a' chùirt aig na daoine sin anns a' mhnaoi aig Sir Ioctan, oir bha a cridhe-se an geall air faotainn do Lunnainn, agus mar sin bha an duine truagh eadar a' bhaobh 's a' bhuarach. Mu dheireadh dh' aontaich e leò, agus ann an ùine ghoirid, bha e anns a h-uile paipear naigh-eachd anns an dùthaich gu robh Sir Ioctan Nimrod a' faireachduinn gu robh na h-amannan cho cunnartach agus cor an luchd-oibre cho cruaidh 's nach b' urrainn da fuireach 'n a thosd. B'e sin an t-aobhar gu robh e a nis 'ga thairsinn fhéin do Shiorr-



amachd Ràbhasda, ag iarraidh gu'n cuireadh iad suas do'n Phàrlamaid e.

An sin thòisich na cuibhlean air dol mu'n cuairt; anns na paipearan naigheachd, air ballachan nan tighean anns na sràidean, air dorsan eaglaisean is cheàrdach, air craobhan ri taobh an rathaid mhòir, bha dealbh Shir Ioctain air a chrochadh agus a bhuidhean comasach air an cur an cèill. Cha robh fhios aige air an t-saoghal cò a bha deanamh sin; ach eadar luchd-lagha, is luchd-labhairt, is gillean-freasdail, is gillean-ruith, is gillean-gnothuich, is pearsachan eile a bha air son an gob a chur anns a' phoit, mar a chruinnicheas na h-iolairan a dh' ionnsuidh na cloaich, bha réiseamaid de dhaoine beaga a' cur nan cuibhlean mu'n cuairt, agus fiughair aca uile ri pàigheadh. Cha robh aca ach aon phort, Gu ma fada beò an Rìgh! Gu ma fada beò Sir Ioctan!

B' ann air feasgar Diluain a bha a' choinneamh aige ann an Cille-Sgumain. Bha an tigh-sgoil làn; am Bàillidh anns a' chathair agus Tom Eliot r'a ghualainn. Thuir an Bàillidh gu'm faodadh iad a bhi uasal asda fhéin leithid Shir Ioctan Nimrod fhaotainn mar bhall Pàrlamaid air son na Siorramachd, duine aig an robh meas air an fhìrinn agus air an onoir, agus ciod eile a bha dhùth air muinntir na dùthcha so ach firinn is onoir? "Duine air bith," ars' am Bàillidh, "a bheir d'a luchd-dùthcha an fhìrinn, agus an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn, mar a tha Sir Ioctan a' toirt daibh, sin an duine a dh' fhaodar a bhi cinnteach gu'm bi e air a thaghadh leò."

An uair a sheas Sir Ioctan air beulaobh nan daoine bha choslas air gu'n do chail e a' chainnt. Fad dà mhionaid cha d' thàinig diog as a bheul. Shaoil cuid nach robh e gu maith, agus shìn Tom Eliot do'n Bhaillidh placaid a bha aige 'n a phòca. Ach cha robh feum air a' phlacaid: cha robh dad ceàrr air Sir Ioctan; cha robh e ach a' deanamh suas 'inntinn. Tha e coltach nach 'eil e idir cho furasda inntinnean a tha air an oileanachadh ann an ruagadh nan sionnach a dheanamh suas ri inntinnean eile.

B' fheàrr leis nach deachaidh e do'n eaglais an raoir; bho na chual e an rann ud aig Donnacha Loudin chail e a thlachd anns an dà òraid a dh' ionnsaich e air a theangaidh; bha amharus aige nach robh eùisean na rìoghachd idir cho soilleir 's a bha iad air an deanamh leis an fhear-lagha a rinn iad. Dh' fheuch e ri eaglais Chille-Sgumain a chur a mach as 'inntinn, ach a dh' aindeoin a chridhe bha facal an abstoil Eoin 'g a ruagadh, mar a bhiodh e fhéin a' ruagadh nan sionnach,—*ni an fhìrinn saor sibh*—, agus bha Donnacha Loudin 'g a ruagadh cuideachd,

Tha 'n fhìrinn gu cliùteach sona.
Cha chron air duine bhi fial;
'S fheàrr beagan anns an onoir
Na 'n donas is ceithir cheud.

Agus a nis bha am fear-cathrach aige fhéin, Baillidh Chille-Sgumain, air taobh nan abstol agus nam bàrd, is tart 'n a anam air son na firinn. "Duine air bith," ars' esan, "a bheir dhuinn an fhìrinn, agus an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn, sin an duine a thaghar leinn." Fad dà mhionaid bha Sir Ioctan Nimrod ann an iom-chomhairle, ach an sin ghlan e a chliabh agus labhair e.

"A mhuintir Chille-Sgumain, thug mi an aire gu'n do bhual sibh uile 'ur basan an uair a thuir am Baillidh nach 'eil dad eile a dhùth oirbh ach an fhìrinn; sin rud a tha furasda gu leòir dhomhsa a thoirt duibh. Tha eagal orm gu'n d' thubhairt na paipearan-naigheachd gur e cor truagh na dùthcha a tha toirt ormsa seasamh air 'ur beulaobh an dràs, agus gu bheil iad ag ràdh cuideachd gu'm bi Breatunn mòran na's soirbheachaile na tha i ma chuireas sibh mise do'n Phàrlamaid. Ach na biodh dòchas air bith agaibh gu'n téid agam-sa air atharrachadh a dheanamh anns an rìoghachd ged a rachainn do'n Phàrlamaid. A dh' aon ni, cha 'n 'eil fhios agam ciod an t-atharrachadh a tha feumail, agus cha mhò a tha fhios agaibhse, oir cha 'n 'eil annainn le chéile ach daoine aig nach 'eil sgil no eòlas a thaobh riaghladh na rìoghachd. Tha mise a' dol le Mghr. Stanley Baldwin ann an cùis nan Tariffs, ach air a shon sin, cha 'n 'eil fhios agam c' ar son a tha. Tha daoine eagnaigh a chuir seachad am beatha a' feuchainn ri obair nan Tariffs a thuigsinn ag innseadh dhuinn nach 'eil an rud idir soilleir dhaibh, ach cha do chuir mise seachad uair an uaireadair riann a meòmhachadh air a chuspair so, agus tha amharus agam nach mò a chuir sibhse. Ciod am feum, mata, a tha ann dhuinn a bhi gabhail feirm mu'n ghnòthuch? Theagamh gu'm biodh e maith do'n dùthaich Tariff a chur air meatagan is brògan; ach air an làimh eile, theagamh nach bitheadh. Co aige a tha fhios? Anns an litir a chuir mi 'g ar n-ionnsuidh an là roimhe thuir mi gur e aon de na rùintean as dlùithe do m' chridhe na Bolseabhaicean a chumail 'n an àite féin, agus cothrom a thoirt do'n duine bhochd. Ach a dh' innseadh na firinn, cha 'n 'eil fhios agam ciod a tha sin a' ciallachadh; cha mhi fhéin a sgrìobh idir e ach am fear-lagha, agus chuir esan anns an litir e a chionn gu'n sealladh e gu maith ann an shìlean na dùthcha, mise a bhi air taobh an duine bhochd agus an aghaidh nam Bolseabhaicean. Ach cò iad na Bolseabhaicean no ciod an t-ana-cothrom a tha air a dhean-

amh air an duine bhochd, cha 'n aithne dhomb! An aithne dhuibhse! . . . Cha 'n abair mi an còrr. Cha 'n eil annam ach duine a tha aineolach air riaghladh na rìoghachd, agus tha sibhse a cheart cho aineolach rium. Ach dh' iarradh orm seasamh air son Pàrlamaid an dràs, agus ma chuireas sibhse innte mi, theid mi innte gun teagamh, ach na biodh fiughair air bith oirbh gu'n dean mi maith no cron innte. A réir mo bheachd-sa (ged nach 'eil annam ach duine gun sgil no sgoil) tha iad uile car coltach ri chéile, Tories is Cuigse; agus tha mi làn chinnteach nach éireadh dad ceàrr do'n rìoghachd ged a bhiodh car air a chur anns an iuchair ann an Tigh nan Cumantan, agus e air a dhùnadh fad fhàid bliadhna."

An uair a shuidh Sir Ioctan Nimrod, cha robh aon duine anns an éisdeachd a bhuail bas no cas, no a ghlaoidh *Ho-ré*. Bha iad uile mar gu'm biodh iad aig tìodhlacadh; ach bha cuid dhiubh a' sealltainn air Tom Eliot mar gu'm b'ann aige-san a bha choire. Ach a h-uile duine a bheireadh sùil 'n a rathad, chrathadh Tom a cheann, oir bha fhios aige gu maith gur e a' cheist a bha 'n an sùilean, An e an daorach a tha air Sir Ioctan? Is ann anns an tigh-òsda aig Tom Eliot a bha e fuireach, agus le crathadh a chinn bha Tom ag innseadh dhaibh nach robh daorach no daorach air an duine.

A cheart oidheche, thall anns an Oban, bha am fear eile a bha ag iarraidh a steach do Phàrlamaid a' cur nam both dheth ag innseadh do mhuintir an Obain gu robh Sir Ioctan Nimrod agus a sheòrsa a' feuchainn r' an còraichean a thoirt bhuaipa agus tràill-ean a dheanamh dhiubh, ach na 'n seasadh iad air a thaobh-san gu duineil, rachadh e air an ceann gu buaidh no gu bàs! Aon uair 's gu'm faigheadh esan a steach do'n Phàrlamaid bhiodh an obair pailt, am biadh saor, is tigh rìomhach, is croit, air a thoirt do'n h-uile duine air an robh iad a dhith. Shéid e suas an cinn le geallaidhean mòra is briathran atmhòr, ag innseadh dhaibh nach do chruthaich Dia riamh duine cho uasal no cho beusach no cho iomlan ris an fhear-oibre; nach do thachair riamh air daoine cho tuigseach ri muinntir an Obain, agus gu'm b'fheàrr leis muinntir an Obain a bhì air a thaobh seach uile Chollaistean an domhain. "Sin agaibh," ars' esan, "an fhìrinn, agus gum fhaic an fhìrinn. An rud a their an t-Oban an diugh abraidh Lunnainn am màireach."

An uair a shuidh e bha fhallus a' taomadh gu làr, ach b' fhiach dha teas a chur ann fhéin leis an iolach a thog an luchd-éisdeachd. Bha iad mar gu'm biodh iad a' faicinn tìr a' gheallaidh cho dlùth dhaibh ri Cearara.

An uair a bha àraid an taghaidh

seachad, agus a bha na figearan air an glaothach leis an t-Siorram, b'e so mar a chaidh an cath ann an Ràbhasda,—

Sir Goileab Mac Brosgul, 12,848.

Sir Ioctan Nimrod, 51.

Thug Sir Goileab taing do'n t-Siorram agus do'n t-sluagh uile, agus am meas mòran glòramais eile a thubhairt e riu, thubhairt e gu robh na figearan a' dearbhadh gu soilleir do'n t-saoghal nach leigeadh duine a leas eagal a bhì air nach seasadh a luchd-dùthcha air a thaobh ma bheireadh e dhaibh an rud a bha dhith orra, "an fhìrinn, an fhìrinn uile, agus gun dad ach an fhìrinn." "Mar Bhreatunnach a' labhairt ri Breatunnaich," ars' ensa, "thug mise an fhìrinn do mhuintir an Obain agus do mhuintir Ràbhasda uile, agus thug iadsan dhomhsa —" Cha d' fhuair e am facal a chrìochnachadh leis mar a thòisich na daoine air glaothach *Ho-ré Ho-ré*, *Gu ma fada beò Sir Goileab*.

An uair a sgaoil am bannal chualas Sir Ioctan a' crònanaich gu toilichte ris fhéin an rann ud aig Donnacha Loudin,

Tha 'n fhìrinn gu cliùteach sona,

Cha chron air duine bhì fial;

'S fheàrr beagan anns an onoir

Na 'n donas is ceithir cheud.

Ghabh Tom Eliot agus am Baillidh an cuthach dearg an uair a ràinig an naigheachd Cille-Sgumain nach d' fhuair Sir Ioctan a steach, agus thuirt iad nach robh ann am muinntir Ràbhasda ach na cladhair-ean, ach is e a thubhairt mo bhan-charaid, Seònaid Eachainn, gu robh co dhiù aon ionracan ann an Ràbhasda na bu mhotha na bha fìnghair air Abraham fhaotainn ann an Sodòm.

Ach mur d' fhuair Sir Ioctan do'n Phàrlamaid le ceithir cheud, rinn an fhìrinn saor e; saor 'n a choguis, agus saor gu rathad fhéin a leantuinn agus na sionnaich a ruagadh.

Tha a' mhòr-chuideachd de dhaoine an t-saogail 'g am mealladh féin, an dùil gu bheil gaol aca air an fhìrinn, ach an àite gaol a bhì aca air an fhìrinn, is e an fhìrinn a' ghòir as seirbhe leò éisdeachd rithe. Tha an fhìrinn an diugh fhathast far an robh i riamh roimhe, cha 'n ann air mullach nan tighean ach ann an grunn an tobair, agus is annam duine a dh' aithnicheas i an uair a thachras i orra. Do'n mhòr-chuideachd tha i mar fhreumh á talamh tioram, ach air a shon sin, tha i cliùteach sona, agus bheir i daonnan saorsa dhaibhsan aig a bheil gaol oirre; bheir i saorsa dhaibh ann am fichead dòigh eile a thuilleadh air an dòigh anns an do liubhair i Sir Ioctan Nimrod bho na h-uile a bha bagairt air.

[The text on this page is extremely faint and illegible. It appears to be a two-column layout of text, possibly a list or a series of entries, but the characters are too light to be transcribed accurately.]



BAS CHRISD.

An uair a shoilleirich an latha, Dihaoine, chunnacas Caiaphas agus buill eile na Comhairle a' deanamh air luchairt an Uachdarain, agus Iosa maille riu. Timchioll air Iosa bha geàrd de cheannardan an teampuill, air eagal gu'n tugadh a chàirdean oidhirp air a leigeil mu réir. Bha muinntir Ierusalem air eirigh aig an àm, agus an uair a chunnaic iad Caiaphas air cheann na cuideachd thuig iad nach bu chùis bheag a bheireadh air an àrd-shagairt gluasad cho tràth, agus mar sin lean mòran dhiubh e gu tigh an Uachdarain, a dh' fhaicinn ciod a bha ceàrr.

An uair a dh' innseadh do Philat, an t-Uachdaran gu robh Caiaphas aig an doras thàinig e a mach anns a' mhìonaid, oir bha fhios aige gu robh faighidinn an àrd-shagairt gu maith na bu ghiorra na 'brnuighean.

"Tha prìosanach an so," arsa Caiaphas, "agus bu mhaith leinn gu'n tugadh tu breith air."

"Ciod a rinn e?" arsa Pilat.

"Mur b' fhear droch-bheirt e," arsa Caiaphas, "cha tugamaid thairis dhuitse e: tha daoine againn a bheir fianuis gu'n do labhair e toibheum."

Sheall Pilat air Caiaphas gu clis agus teine 'n a shùil, "C'ar son nach d' thug sibh breith air sibh féin ma's e toibheum a tha sibh a' cur as a leth? Nach 'eil fhios agaibh gu'm faod sibh binn a thoirt a mach ann an cùis de'n t-seòrsa sin? Thoiribh leibh e mata, agus thugaibh breith air a réir ar lagha féin."

"Tha fhios agam gu maith," arsa Caiaphas, "gu'm faod sinn binn a thoirt a mach ach cha 'n 'eil ùghdarras againn duine a chur gu bàs."

Anns a' mhìonaid thuig Pilat gu robh an prìosanach a bha m'a choinneamh air a dhèiteadh aca cheana, agus bhual e 'n a inn-tinn gu robh an t-àm aige sealltuinn a steach anns a' chùis. Ach cha robh e furasda dha fhaotainn a mach bhupa ciod an cron a bha iad a' cur as a leth. Bha cuid dhiubh ag ràdh sìd, is cuid eile ag ràdh so, agus iad uile a' glaothaich aig an aon àm, air chor agus nach robh e furasda do'n Uachdaran fhios a bhí aige ciod a bha e ri rannsachadh.

Mu dheireadh smuainich e gu'm b'e an dòigh a b' fhasa dha am prìosanach fhéin a cheasnachadh. Dh' jarr e orra uile a bhì sàmhach, agus thionndaidh e ri Iosa, "Ciod a tha agad ri ràdh?"

Chrath Iosa a cheann ach cha do labhair e facal.

An uair a chunnaic Caiaphas sin thuirt e ri Pilat gu cas frionasach (cha robh gaol an t-samhraidh aca d'a chéile), "Fhuair sinn an duine so a' claonadh a chinnich agus a' bacadh cis a thoirt do Cheasar, ag ràdh gur e féin Crìosd an Rìgh." Cha robh facal de'n fhìrinn anns na thubhairt Caiaphas agus bha fhios aige fhéin 'n a chridhe nach robh. A thaobh cis a thoirt do Cheasar cha d' thubhairt Iosa ach so, "Thoiribh do Cheasar na nithean a bhuineas do Cheasar agus do Dhia na nithean a bhuineas do Dhia"; cha mhò a dh' fheuch e riamh ri ceannaire a dheanamh an aghaidh na Ròimhe no an sluagh fhùdarachadh 'n a h-aghaidh. Bha amharus aig Pilat nach robh Caiaphas ach a' feuchainn ris a' phrìosanach a chur sìos 'n a shùilean, agus mar sin chuir e roimhe gu'n tugadh e cothrom dha e féin a dhìon, gun Caiaphas a bhì idir anns an làthair. Mar sin thug e a steach e leis fhéin, gus ceist no dhà fhoighneachd dheth.

"A bheil thusa ag ràdh," arsa Pilat, "gur tu rìgh nan Iudhach?"

Ach cha do fhreagair Iosa a' cheist.

"C'ar son nach freagair thu?" arsa Pilat. "Nach eil fhios agad gu bheil comas agam-sa do chur gu bàs no do leigeil as."

"Cha bhiodh comas air bith agad thairis ormsa," fhreagair Iosa, "mur biodh e air a thoirt dhuit le m' athair."

"A bheil an rud a tha do luchd-dùthcha a' cur as do leth fìor, gu bheil thu a' gabhail ort gur Rìgh thu?"

"Tha thusa agus iadsan ag ràdh sin," fhreagair Iosa, "ach cha 'n 'eil rìoghachd agam-sa a bhuineas do'n t-saoghal so. Rugadh mi a chum gu'n tugainn fianuis air taobh na fìrinn, agus gach neach d'an aithne an fhìrinn agus aig a bheil gaol air an fhìrinn is ann de mo rìoghachd-sa e."

"An fhìrinn!" arsa Pilat, "Ciod i an fhìrinn?" "Cò is urrainn a radh?"

'Na inntinn fhéin bha e cinnteach nach robh ann an Iosa ach duine gun ghò, duine a bha feuchainn ri cnothan a chagnadh nach gabhadh cagnadh, agus thuirt e ri Caiaphas agus ris na sagartan eile agus ris an t-sluagh uile, "Cha léir dhoimhsa cron air bith anns an duine."

Chuir sin an euthach dearg orra agus thòisich a' ghràisg a bha air cùlaobh nan sagartan air glaothach agus air magadh air Pilat, ach thog Caiaphas a làmh agus chuir e stad orra.

"A bheil fhios agad," arsa esan ri Pilat, "nach e idir duine gun ghò a tha agad ach duine cunnartach, duine a tha nis air tòis-

eachadh ann an Iudea air a' cheart obair a bha aige ann an Galile, a' togail ceannaire am measg dhaoine."

"Ann an Galile," arsa Pilat, "an ann do Ghalile a bhuineas e?"

"'S ann," arsa Caiaphas, "tha e á Nasaret."

"Ma tha sin mar sin," arsa Pilat, "cuiridh sinn gu Herod e, oir is ann aige-san a tha còir air breith a thoirt air, agus cha 'n ann agam-sa."

Bha Pilat toilichte gu'n d' fhosgail an doras so roimhe agus gu'n d' fhuair e dòigh air Iosa fhaotainn as a làmhnan oir cha robh tlachd air bith aige a bhì 'na bhritheamh anns a' chùis. Bha fhios aige nach do rinn Iosa dad a bha toillteanach air bàs, ach bha fhios aige cuideachd gu robh inntinn an àrd-shagairt air a deanamh suas cheana gu'n cuirteadh gu bàs e, agus b' aithne do Philat dannarrachd Chaiaphais gu maith. A thuilleadh air sin, chuir a bhean 'na earalas e, ag ràdh ris, "Na biodh gnothuch agad-sa ris an duine ionraic so." Cha bu leasg le Pilat, mata, Iosa a liubhairt do Herod, an uair a fhuair e an cothrom.

* * * * *

B'e sin, "uan ann an garaidh na leòmhainn" Iosa a bhì 'n a sheasamh air beulaobh Herod, diù nan trusdar; am fiath-bheathach a mhort am Baisteach agus a chaill a nàire le struidhealachd. Uair-eigin a dh' innis iad do Iosa gu robh toil aig Herod a mharbhadh thubhairt e, "Rachaibh agus innsibh do'n t-sionnach sin, Feuch ata mi a' deanamh leigheas an diugh, agus am màireach, agus air an treas là bidh mi air mo dheanamh foirfe; gidheadh is éigin domh imeachd an diugh agus am màireach agus an là 'n a dhéidh sin, oir cha 'n fhaod e bhith gu'n cuirear fàidh gu bàs a mach a Ierusalem."

Agus a nis bha Iosa agus Herod aghaidh ri aghaidh ann an Ierusalem! Lean na sagartan, agus ceannardan an teampull, agus na saighdearan, agus mòran de 'n t-sluagh, gu sònruichte de 'n ghràisg,—lean iad Iosa gus an tigh anns an robh Herod a' fuireach. Dh' fhoighneachd Herod sid is so de'n phrìosanach, an dòchas gu'n tugadh e air rud iongantach air chor-eigin a dheanamh mar a chual e a bhiodh e a' deanamh ann an Galile, ach cha d' fhosgail Iosa a bheul. Cha bhiodh ann dha ach a bhì cur neamhnaidean air beulaobh muice. An uair a dh' fhairtlich air Herod an dibhearsoin a bu mhaith leis fhaotainn as, thòisich e air dibhearsoin dha fhéin; fhuair e té de na seann fhalluinnean aige fhéin agus dh' iarr e air fear de na saighdearan a cur mu ghuaillan Iosa, los gu'm

biodh coslas Rìgh air. Anns an éideadh sin chuir e air ais gu Pilat e.

* * * * *

Shaoil Pilat gu'n d' fhuair e as a ghlais, ach a nis bha am prìosanach m'a choinneamh a ris, agus an sluagh ag iarraidh fhala. Sheas e air beulaobh an doruis agus sméid e ris an sagartan agus ri buill na comhairle, a' feuchainn ri ciall a chur orra agus Iosa a shàbhaladh o'n t-sluagh. "Thug sibh a' m' ionnsuidh-sa an duine so," ars' esau, "mar neach a tha tionndadh an t-sluaigh a thaoibh, ach air dhomh a cheasnachadh ann bhur làthair cha d' fhuair mi coire air bith ann a thaobh nan nithean sin mu'm bheil sibh a' deanamh casaid air; chuir mi a dh' ionnsuidh Herod e agus cha mhò a fhuair esan coire ann; cha do rinneadh ni air bith leis toiltinneach air bàs."

Na'n do rinn Pilat mar bu chòir do bhrith-eamh ceart a dheanamh, leig e Iosa mu réir, ach bha eagal air roimh Chaiaphas agus bha e air son an sluagh a thoileachadh, agus is e a thubhairt e, "Smachdaichaidh mi e agus leigidh mi as e."

Ach le ràn uamhasach ghlaoidh an sluagh, "Cha leig thu as e; ma leigeas tu as gin idir leig as Barabbas."

"Barabbas," arsa Pilat, "an e gu'm bu mhaith leibh feur-reubainn a leigeil as agus duine neochiontach a cheusadh?"

Bha an sluagh air deirge a' chuthaich, mar gu'm biodh coin is àileadh na fala 'n an cuinnleinan, agus ghlaoidh i a ris, "Ceus e, ceus e. is thoir dhuinn Barabbas."

Ach bha Pilat 'n a dhuine dannarra cho mhaith ri Caiaphas fhéin; dh' fhuirich e greis bheag gus an do stad iad de ghlaodhaich agus an sin thuirt e riu, "An ceus mi bhur Rìgh?"

Chuir so am bàinidh uile orra agus fhreagair iad, "Cha 'n 'eil rìgh againn ach Ceesar."

Am feadh 's a bha so uile a' tachairt bha Iosa ag ùrnuigh 'n a chridhe ri Dia, is briathran an t-Salmadair air tighinn thuige mar a thàinig iad thuige a ris agus a chorp sìnte air a' chrann. "Chuairtich mòran tharbh mi; dh' iadh tairbh làidir Bhàsain umam, tha mo chridhe mar chéir air leaghadh am meadhon mo chuim." Bha e sgith oir bha e air a chasan o'n dé, air iomain a null 's a nall, agus an fhuil air cruadhachadh air 'aodann. Co dhiu is ann a chionn gu robh a chridhe goirt air a shon, no a chionn gu robh e air son magadh a dheanamh air na h-Iudhaich, shìn Pilat a chorrage air agus thubhairt e ris an t-sluagh, "Feuch bhur rìgh."

Ach bu mhòid a ghlaoidh iadsan, "Beir uainn e, beir uainn e; ceus e, ceus e."

An sin thionndaidh Pilat air a shàil gus a làmhan a nigheadh, agus an déidh dha sin a dheanamh thuirt e riu, “Tha mise neo-chiontach de fhuil an duine ionraic so; deanaibh-se ’ur roghainn ris.”

“Biodh fhuil oirne agus air ar cloinn,” fhreagair iad.

Fhuair na h-Iudhaich an guidhe. Bha, agus tha fhathast, fuil mhic Dhe air a’ chinn-each ud. M’an deachaidh mòran bhliadh-nachan seachad bha am baile naomh Ierusalem air a leagail gu làr, agus o’n latha sin gus an diugh tha na h-Iudhaich ’n an daoine gun dùthaich gun dachaidh, agus làmhan nan uile chinneach ’n an aghaidh.

Ach cha robh e cho furasda do Philat a chionta a dhubhadh a mach ’s a bha e dha a làmhan a nigheadh. Bha fuil an t-Slànuighir air a làmhan salach, agus cha robh siabann no cungaidh air an t-saoghal a dheanadh geal iad, oir is e a làmhan a sheulaich binn a bhàis.

* * * * *

Gus nach biodh dad gun deanamh a mheudaicheadh nàire is masladh is fulangas an t-Slànuighir bha e air a sgiùrsadh m’ an deachaidh a cheusadh. Leth-rùisgte, bha e air a cheangal ri posta, agus air a bhualadh gus an robh fheòil air a reubadh, agus fhuil is fhallas a’ taomadh gu làr. Agus mar nach bu leòir sin, thòisich na saighdearan air magadh air, ’g a uidheamachadh ann an riochd rìgh. Fhuair fear dhiubh falluinn sgàrlaid agus chuir e air i; rinn fear eile crùn de droighionn agus chuir e air a cheann e, agus chuir fear eile bata ’n a làimh mar shlat-shuaicheantais. An uair a chuir iad ’n a éideadh e rinn iad am beic dha gu magail, ach an ath mhionaid, bhuaill fear an déidh fir dhiubh buille air anns an aodann, agus ged is duilich e r’a chreidsinn agus is nàrach e r’a radh, thilg iad smugaidean air. Ach cha d’ fhosgail esan a bheul. Thugadh e mar uan a chum a chasgraidh agus mar chaora a bhios balbh an làthair an luchd-lomairt mar sin cha d’ fhosgail e a bheul, ach a mhàin ann an ùrnuigh, “Athair thoir maitheanas dhaibh oir cha ’n ’eil fhios aca ciod a tha iad a deanamh.”

Ann an aon seadh bha fhios aig a h-uile duine aig an robh làmh ann am bàs Iosa gu robh iad a’ deanamh na h-encoir. Bha fhios aig Caiaphas; bha fhios aig Pilat; bha fhios aig Iudas; bha fhios aig na saighdearan a chur an crùn droighinn air a cheann gu robh iad a’ deanamh rud maslach. Ach ged a bha fhios aca gu robh an rud a rinn iad maslach, cha robh fhios aca cho freagarrach ’s a bha an crùn d’a cheann naomh-san. Oir ged a bha maise is gràs Iosa air fholach orra, bu Rìgh esan da-

rìreadh, Rìgh na Glòire, agus Tighearna nan Tighearnan. Agus am measg nan crùintean a bha riamh air an cur air ceann duine cha ’n ’eil aon eile an diugh d’ am bheiltear a’ toirt urram is gràdh is dilseachd cho mòr ’s a thatar a’ toirt do’n chrùn droighinn so. Tha e na’s luachmhoire na’n t-or is rionh-aiche dath.

Tha ’n Ceann bha crùinte le droighionn cruaidh

Nis cuairtiche le glòir;

’S tha coron-rìgh is rìomhach snuadh

Mu’n bhathais bhuaidhaich, mhòir.

COMUNN NAN CAIRDEAN.

Ann an eaglais Chrìosd air thalamh tha iomadh seòrsa dhaoine ach ’nam measg uile cha ’n ’eil seòrsa idir air a bheil coslas na h-irioslachd agus na diadhaidheachd cho soilleir ’s a tha e air na daoine sin ris an abair an saoghal na Quakers ach ris an abair iad fein Comunn nan Càirdean. Cha ’n ’eil iad lionmhor, ach air a shon sin tha iad cumhachdach anns a h-uile dùthaich anns a bheil iad, na’s cumhachdaiche na eaglaisean eile a tha fhichead uiread riu. Bheir luchd-riaghlaidh an t-saoghail géill do na Quakers an uair nach éisd iad ri Comuinn Chrìosdail eile, agus is e an t-aobhar air sin gu bheil fhios aca gu maith gu bheil na Quakers daonnan dileas is seasmhach ’n an aidmheil, agus nach lùb iad an glùn ann an teampull Rìmmoin.

B’e athair a’ chomuinn so Seòras Fox, Sasunnach a rugadh ann an 1624. An uair a bha e mu naoi bliadhna deug thàinig e fo bhuaidh an t-soisgeil. Dh’ fhàg e a dhachaidh agus a chàirdean mar a rinn Eòin a’ Bhaistidh, ag iarraidh an t-soluis ann an uaigneas agus co-chomuinn ri Dia. An ceann greis thòisich e air searmonachadh, agus ’na shearmonachadh labhair e cho làidir ri Eoin fhéin an aghaidh dhaoine agus bheachdan nach robh a’ còrdadh ris, gus mu dheireadh an do chuireadh anns a’ phrìosan e. Cha bu toigh leis sagartan, no luchd-lagha, no saighdearan, oir bha e de’n bheachd gu robh an obair aca calg-dhìreach an aghaidh prionnsपाल an t-soisgeil. Thug e oibheum dhaibh sin, agus do iomadh neach eile aig an robh làmh ann an nithean a bha e a’ dìteadh, air chor agus gu robh e air a ruagadh o mhòd gu mòd, agus o phrìosan gu prìosan. Ach cha b’ urrainn da fuir-each sàmhach.

Sin, mata, an duine a chuir air chois Comunn nan Càirdean agus gus an là an diugh is ann ri teagasg Sheòrais Fox a tha

iad a' leantuinn, ged a dh' fhaodas rud beag de atharrachadh a bhi air a dheanamh air a theagasg ann am puing no dhà. Am measg na feadhachan a b' ainmeile d'a dheisciobuil faodar iad so a chunntas, Uilleam Penn, Ealasaid Fry, is Iain Bright.

A thaobh litir a' chreidimh theagamh nach 'eil dealachadh mòr air bith eadar na Quakers agus Crìosduidhean eile, ach a thaobh spiorad am beatha agus an giùlan anns an t-saoghal, tha iad comharraichte am measg chàich, agus faodar a ràdh cuideachd gu bheil iad a' leantuinn ann an ceumanna nan abstol na's dlùithe na eaglaisean eile.

Tha iad a' cur cudthrom mòr air an fhìrinn so, gu'n do chuir Dia, tre Iosa Crìosd a mhac, solus ann an anam an duine, solus a nochdas dha ciod a tha Dia ag iarraidh air a dheanamh, agus a bheir dha neart gus aitheantan Dhé a choimhead. Tha iad a' stéidheachadh an teagaisg so air briathran an abstoil Eoin a tha ag ràdh gur e Crìosd *beatha* agus *solus* dhaoine; an *solus fìor*; an *solus a tha soillseachadh gach uile dhuine a thig a steach do'n t-saoghal*. Tha an solus so ann an anam a h-uile duine, ach is e mhàin iadsan a tha leantuinn an t-soluis a tha 'n an eoinn do Dhia. A mhead agus nach 'eil a' gluasad a réir an t-soluis, cha bhui iad do Dhia, ged a dh' fhaodas iad a bhi 'n an luchd-aideachaidh. Ged tha an solus so ann an anam an duine cha 'n ann o'n duine fhéin a tha e ach o Dhia; thàinig an solus ó Dhia agus bheir e dhachaidh gu Dia a mhead agus a bhios 'ga leantuinn.

Cha 'n 'eil iad a' creidsinn gu bheil feum aig ministearan air sgoil no sgoilearachd. Tha iad a' cumail a mach nach 'eil e a réir nan sgrìobtur an a bhi a' cur oileanaich òga do Chollaistean a dh' ionnsachadh Gréigis no Eabhra, no a dh' ionnsachadh ùrnuigh no searmon a dheanamh. Mar sin cha 'n 'eil ministearan aca mar a tha aig eaglaisean eile, ach daoine a thòisich air searmonachadh as an cinn agus as an comhairle fhéin, a chionn gu robh iad a' faireachduinn gu robh iad air an gairm leis an Spiorad Naomh.

Tha iad a' creidsinn gur e saor thiodhlac o Dhia a tha anns na gibhtean a tha deanamh duine comasach air searmonachadh, agus gur còir do gach duine a fhuair na gibhtean sin an cleachdadh gu saor ann an seirbhis a bhràithrean. Cha 'n 'eil iad a' toirt pàigheadh air bith do dhuine a thòisicheas air searmonachadh, ach coltach ris na h-abstoil, gheibh e aoigheachd is cuid na h-oidhche ann an àite air bith an téid e.

Anns na coinneamhan a bhios aca cha 'n 'eil iad a' leantuinn foirm ùrnuigh no aoraidh mar a gheibhear anns na h-eaglaisean againne. Tha iad daonnan a' leantuinn an

t-soluis, a' labhairt no a' fantuinn sàmhach a réir mar tha iad air an seòladh leis an Spiorad Naomh. Tha iad a' ceadachadh do mhnathan labhairt cho mhaith ris na fir.

Cha 'n 'eil iad a' frithealadh sàcramaid a' Bhaistidh no Suipear an Tighearna mar tha Crìosduidhean eile. Tha iad a' cumail a mach nach 'eil ann am baisteadh le uisge ach cleachdadh Iudhach, rud o'n taobh a muigh anns nach 'eil éifeachd air bith. Tha iad a' teagasg gur e baisteadh *spioradail* a tha air òrduchadh do chreidmhuich, cha 'n ann o'n leth a muigh ach o'n leth a stigh, agus mar urrainn air an teagasg sin, bheir iad dhuit na briathran a labhair Eoin a' Bhaistidh fhéin, "Tha mise 'g 'ur baisteadh le uisge, ach tha neach a' teachd a'm' dhéidh a bhaisteadh sibh leis an Spiorad Naomh agus le teine."


Cha 'n 'eil iad a' creidsinn ann a bhi toirt meas do phearsa seach a chéile, oir tha iad a' cumail a mach gu bheil a' bheic dlùth do'n bhrosgul, is gu bheil am brosgul dlùth do'n pheacadh. Do sheann aois agus do dhaoine a tha comharraichte air son diadhaidheachd bheir iad dhiubh an còmhach-cinn, ach cha 'n 'eil iad a' creidsinn ann a bhi toirt urram do mhaith an t-saoghail nach toir iad do bhochdan an t-saoghail.

A thaobh cogaidh, tha iad fada air thòiseach air a' chòrr de'n t-saoghal, oir tha iad a' seasamh gu daingean air a' bhonn so, gu bheil e an aghaidh prionnsalan an t-soisgeil. Glé bhitheanta tha eaglaisean eile a' beannaichadh cogaidh, ach tha Comunn nan Càird-ean daonnan 'g a mhallachadh. Is iad an aon seòrsa dhaoine d' an tugadh muinntir an airm géill, an àm a' chogaidh mu dheireadh, an uair a thigeadh iad air beulaobh cùirte, a' tagar gu robh reusan coguiseach aca 'an aghaidh dol do'n arm. Ann an làithean na sìthe tha iad a' togail am fianuis an aghaidh an uile so a cheart cho mhaith 's a tha iad ann an àm cogaidh.

Is iad cuideachd a 'cheud eaglais a thòisich air cor nan tràille an a thagar, ag iarraidh saorsa a thoirt daibh.

Tha iad a' creidsinn ann an simplidheachd anns na h-uile nithean; cha toigh leò aodach rìomhach, no biadh sòghmhor, no mòran bhriathran; is e am miann dol troimh an t-saoghal gu h-iriosal sàmhach, a' deanamh toil Dhé ann an uaigneas. Cha 'n 'eil iarraidh aca air ainm no urram fhaotainn o dhaoine, agus cha chluinnear iad a' togail an guth anns na sràidean.

Tha iad anabarrach maith d' am bochdan fhéin, agus maith d' an coimhearsnaich uile ged nach buineadh iad d'an Comunn, oir tha iad daonnan a' feuchainn ri cleachdanna nan abstol a leantuinn.



MARAH AGUS ELIM.

Agus an uair a thàinig iad gu Marah, cha b' urrainn iad uisgeachan Mharah òl, oir bha iad searbh; nìme sin thugadh Marah mar ainm air. . . Agus thàinig iad gu Elim far an robh dà thobar dheug uisge, agus deich agus trì fichead craobh phailme; agus champ-aich iad an sin làimh ris na h-uisgeachan. *Escòdus xv, 23-27.*

Na'n do rinn clann Israeil air tìr a' gheallaidh lom is dìreach an déidh dhaibh an Eiphit fhàgail, rachadh aca air a ruighinn ann am beagan sheachduinnean. Ach ghabh iad dà fhichead bliadhna air an turus. Cha b' ann gun aobhar a sheachain iad an t-slighe ghoirid, "Cha do threòraich Dia iad air slighe tire nam Philisteach, ged a bha i am fagus; oir thubhairt Dia, Air eagal gu'm bi aithreachas air an t-sluagh an uair a chi iad cogadh, agus gu'm pill iad do'n Eiphit." (*Escòdus, xiii, 17.*) Bha na Philistich 'n an sluagh borb, air an cleachdadh ri airm iom-char; agus bha e glic do Mhaois an seachnadh oir bha spiorad chloinn Israeil air a bhriseadh gu buileach leis an làmhachas-làidir a rinneadh orra le Pharaoh, air chor agus nach seasadh iad an làrach ri aghaidh nàmhaid ùr. Air an aobhar sin threòraich Dia an sluagh mu'n cuairt air slighe fàsaich na Mara Ruaidhe, a' taghadh an rathaid dhaibh a réir an neirt. Bha e 'n a dheuchainn air am faighidinn na bliadnahan ud a chur seachad anns an fhàsach; ach b'e an rathad fada an rathad a bu ghiorra dhachaidh air a shon sin. Ged a bha an t-slighe fadalach, thug i steach iad mu dheireadh do thìr a bha a' sruthadh le bainne is mil. Tha daoine an diugh fhathast a' faotainn a mach 'n am beatha féin a' cheart nì a tha air a theagasg dhuinn le eachdraidh chloinn Israeil, gur fheàrr an rathad fada glan na 'n rathad goirid salach. Tha sinn uile ag iarraidh tìr a' gheallaidh air chor-eigin. Saoibhreas, toil-inntinn, inbhe shaoghalta, eòlas, sonas, —is iad sin am bainne agus a' mhil air a bheil a' mhòr-chuideachd an tòir. Cha 'n abair sinn gu bheil e ceàrr do dhaoine na nithean sin a chumail fa chomhair an sùl; ach seachnadh iad an t-ath-ghoirid salach thuca agus gabhadh iad an rathad glan. "Tha slighe ann a shaoilear dìreach le duine, ach is e a crìoch slighean a' bhàis." An uair a nì daoine cabhag gu bhì beartach, gabhadh iad glé bhithianta athghoirid salach a bheir a steach iad do thìr a' bhàis an àite tìr an t-sonais a bha iad ag iarraidh. Cha ruig duine a leas dùil a bhì aige gu'm bi beann-

achd is dìon Dhé thairis air ma tha e a' gluasad air sligheannan nach do cheadaich Dia; ma chuireas e roimhe a cheann-uidhe a ruighinn le eucoir is innleachdan is breugan.

An uair a shaor Dia clann Israeil o làimh Pharaoh agus a chaidh iad air cheann na slighe gu Canaan sheinn iad òran-molaidh dha, ach m' an do ràinig iad Marah cha robh ceòl 'n an cridhe no 'n am beul. Shaoil iad gu robh làithean an sàruchaidh seachad agus chuir iad an aghaidh air an t-slighe mar chuideachd a' cumail latha féille. Ach an uair a chunnaic iad nach robh an t-slighe cho furasda 's a shaoil iad, 's a thòisich iad air fannachadh le pathadh is teas an fhàsaich, rinn iad gearan an aghaidh Mhaois, ag ràdh ris gu'm b' fheàrr dhaibh daorsa na h-Eiphit seach bàs fhaghail anns an fhàsach. "Agus dh' éigh esan ri Iehobhah, agus nochd Iehobhah fiodh dha, agus thilg e anns na h-uisgeachan e, agus rinneadh na h-uisgeachan ann milis." Tha e air a ràdh le daoine a bha thall 's a chunnaic e gu bheil seòrsa craoibhe a' fàs gu nàdurra anns a' chearn ud de Arabia aig a bheil a' bhuaidh so air uisge, an uair a thilgear sguinn dhi ann; agus ma tha sin fìor, cha do thachair mìorbuil air bhith aig Marah ach a mhàin gu robh Maois air a sheòladh le Dia gus éifeachd na craoibhe so fhaotainn a mach. Tha facal an Tighearna ag ràdh, "Treòraichidh e na daoine ciùin ann am breitheanas," (*Salm xxv, 9.*) agus aig iomadh àm 'n a bheatha dhearbhlh Maois air a shon fhéin gu bheil an gealladh so fìor; gu bheil Dia a' toirt soilleireachd inntinn cho mhaith ri beannachdan spioradail dhaibhsan a chuireas an comhairle ris agus a dh' aicicheas e 'n an uile shlighean. Dh' aidich Maois Dia 'na uile shlighean. Air gach duilleag de 'n eachdraidh so leughar na briathran, "Dh' eigh Maois ri Iehobhah." Anns gach duileadas is cunnart a thachair air dh' iarr e solus is còmhnadh o Dhia. Thug e gach cùis thuige ann an ùrnuigh, agus thug Dia freagairt dha. Bheir Dia gu cinnteach solus do'n duine a dh' éigheas ris gu dùrachdach an uair a tha e ann an iom-chomhairle, agus a bu mhaith leis seòladh fhaotainn. Cuiridh e mach thuige a sholus agus fhìrinn.

Cha d' fhàg Dia a shluagh ann am Marah ag òl an uisge a bha searbh; threòraich e air an aghaidh iad gu Elim far an robh dà thobar dheug uisge agus deich agus trì fichead craobh phailme; agus champaich iad an sin. Bha Elim do 'n luchd-turuis sgìth mar ghàrradh an Tighearna ann am meadhon an fhàsaich; dh' aisigeadh am beatha agus am misneach air ais dhaibh an uair a chaisg iad

an iotadh aig fhuarain, agus a fhuair iad fàsghadh bho 'n teas fo sgàile nan craobh. Ann a bhi mineachadh an t-Seann Tiomnaidh cha téid sinn fada ceàrr ma leanas sinn an t-abstol Pol, agus tha Pol ag ràdh (1 Cor. 10) gu'n do thachair na nithean ud do chloinn Israeil mar eiseimpleir dhuinne. Faodar an imeachd anns an fhàsach a ghabhail mar shamhladh air beatha mhic an duine agus air turus a' Chrìosduidh anns an t-saoghal. Tha Marah air chor-eigin ann am beatha gach duine, fiosrachadh no freasdal a tha searbh. Cha 'n 'eil e sòlasach a bhi 'g òl uisgeachan searbh, ach ann an dòighean iongantach ni Dia milis iad d'a shluagh. "Tha smachdachadh, am feadh a tha e làthair. doilgheasach: gidheadb, 'na dhéidh sin bheir e mach toradh sìochail na fireantachd dhaibhsan a bha air an cleachdadh leis." Léighsidh feartan dìomhair Dhé an eridhe leònte, agus cuiridh e òran nuadh ann am beul an dream a bha ri caoidh.

An déidh Mharah tha Elim, agus treòraichidh am Buachaille Maith a chaoraich làmh ri tobraichean fionnar agus ann an cluaintean gorma. Ma dhearbhas Dia a shluagh ann am Marah, ùraichidh e an neart agus an dòchas ann am Elim; agus ni e am fàsach coimheach dhaibh 'na àite thobraichean. Ann an turus a' Chrìosduidh air thalamh bheir an t-slighe e troimh ghleann Bhaca agus gu Beinn a' Chruadail, ach tha Elim air an cùl, agus an uair a ruigeas e na tobraichean fionnar agus na craobhan pailme cha bhi cuimhne aige air deacaireachd na slighe na's mò.

AN T-SRONBHUIDHE.

Am measg nam ministearan a bha ann an eaglais na h-Alba anns an linn mu dheireadh cha robh duine eile a bu ghasda agus a bu chòire na SEUMAS CAMSHRON LEES, K.C.V.O., D.D., LL.D., a bha anns an Eaglais Ard, an Dùnéideann. Bha meas mòr aig an dùthaich uile air; bha meas aig rìghrean is prionnsachan air (oir bha e 'n a charaid dlùth aig a' bhanrigh Victoria, agus aig Rìgh Eideard, agus aig Rìgh Deòrsa) ach bha a' cheart uiread meas aig luchd-oibre agus daoine bochd air. Am measg muinntir na h-eaglais Shaoir bha e cho measail 's a bha e aig a' choimhthional fhéin, oir bha inntinn is eridhe farsuing aige, gun chumhannachd air bith ann.

Ged nach robh e a' searmonachadh Gàidhlig nu dheireadh, bha Gàidhlig aige agus is ann ann an sgìreachd Ghàidhealach a thòisich e an toiseach. Ach b' aithne dha a' Ghàidhealtachd agus muinntir na Gàidheal-

tachd mar nach b' aithne do mhòran, agus b' aithne dha cuideachd naigheachdan aighearach innsadh umpa na b' fheàrr na duine eile a chuala mise riamh. A h-uile sanbradh bhiodh e a' dol a dh' iasgach do àite air chor-eigin; am bliadhna do Mhuile, bliadhna eile do Ghleann Garaidh, an ath bhliadhna do Chataibh; agus air na turusan sin bhiodh daoine neònach a' tachairt air, a chumadh naigheachdan ris fad a' gheamhraidh. Chuir e a mach leabhar no dhà a tha anabarrach éibhinn; an raoir fhéin bha mi a' leughadh fear dhiubh sin agus bu mhaith leam cuid de sheanchas an Dotair Lees a thoirt do luchd-leughaidh na duilleig so. Cha do chuir e 'ainm ris na leabhraichean ud idir, agus an diugh tha iad duilich am faotainn, ach tha iad agam-sa, agus cuiridh mi fhéin ann an Gàidhlig an rud a chuir esan ann am Beurla.

Tha atharrachadh a' tighinn air ministearan na Gàidhealtachd mar a tha a' tighinn air a h-uile nì eile anns a' Ghàidhealtachd, agus theagamb nach fhaca an òigridh riamh leithid an Dotair Mhic Amhlaidh, ministear na sgìreachd anns an t-Strònbhuidhe, ach bidh cuimhne aig na seann daoine air a sheòrsa. B' aithne do Lees an seòrsa ministear so gu maith, ged nach fhaighear a bheag dhiubh an diugh anns an dùthaich.

"Am measg nan daoine a bha air an cuir-eachd a dh' ionnsuidh na dinnearach, bha an Dotair Mac Amhlaidh, ministear na sgìreachd. Chuir e fàilte chridheil oirnn agus thuirt e gu robh e toilichte ar faicinn anns an t-Strònbhuidhe. Duine trom làidir, le aodann fathail, is coltas air a bhi air a dheagh chumail. Bha meas nach bu bheag aig muinntir na sgìreachd uile air, agus bha iarraidh air anns gach cruinneachadh, oir bu toigh leis fhéin a bhi ann an cuideachd. Bha e làn àbhacais agus maith gu seanchas ann an cuideachd, ach cha robh daoine 'g a mheas ro mhaith gu searmonachadh. Bha 'athair agus a sheanair 'n am ministearan roimhe, agus dh' fhàg iad aige mar dhileab, cha 'n 'e a mhàin cuibhrionn maith de stòr saoghalta ach làn bocsa de shearmoin. A chuid de'n choimhthional a bha a' suidhe air an lobhtaidh anns an eaglais, bha fhios aca gu maith, bho dhath a' phaipeir, cò a riun an searmon a bha iad a' faotainn. Ma's ann ruadh a bha am paipear bha fhios aca gur e fear da shearmoin a sheanar a bha ann, agus gu'n cluinneadh iad stuamachd is firinn is onoir air am moladh, agus breugan is bradachd is sannt air an diomoladh. Ma's ann buidhe a bha am paipear b'e aon de shearmoin 'athar a bha ann. An latha sin, ciod air bith an ceann-teagaisg, thòisicheadh an searmon aig tuiteam Adhaimh agus chrìochnaicheadh e aig là a' bhreitheanais. Ma

The text on this page is extremely faint and illegible. It appears to be a two-column layout of printed text, possibly from a book or a document. The characters are too light to be accurately transcribed or recognized. The overall appearance is that of a scan of a document with very low contrast or significant fading.

bha am paipear geal bha fhios aca gur e fear d'a fheadhainn fhéin a bha iad a' faotainn, ach cha robh iad sin furasda an tuigsinn idir. De na trì seòrsachan, b'e searmoin a sheanar a b' fheàrr leis a' choimhthional. Bha a sheanair 'n a' dhuine smachdail 'na latha fhéin, agus b' aithne dha an tarrang a bhualadh air a ceann. An uair a bhiodh an Dotair Mac Amhlaidh a' leughadh na sgrìobh am bodach mu mhisgearan agus mu dhrongaireachd cha robh duine anns a' choimhthional nach robh toilichte gu robh *càch* a' faotainn sgràilleadh cho goirt. Bha e air a ràdh anns an sgìreachd nach robh ùrnuighean an Dotair cho soisgeulach no cho spioradail ri ùrnuighean Mhic Aoidh, ministear na h-eaglais Shaoir, gu sònruichte aig leabaidh tinneis, ach chuireadh e fion is sùgh feòla gu bochdan an uair nach cuireadh am fear eile dad.

Bha an dà mhinistear cho càirdeil coimhearsnachail 's a b' urrainn dithis d' an seòrsa a bhith aig àm anns an robh daoine gu maith teth a thaobh eaglaisean, ach tharruing an *duine* iad r'a chèile na bu dlùthe na bha iad riamh roimhe. Ach feumaidh mi innseadh cò a bha anns an *duine*. Anns an sgìreachd bha Sasunnach, aig an robh oighreachd bheag, nach robh toilichte an dara cuid leis an Dotair Mac Amhlaidh no le Mgr Mac Aoidh. Bha e a' cumail a mach nach robh iad dìchiollach gu leòir agus nach b' fheàrr cor an t-sluaigh anns an t-Sròn bhuidhe na cor nan Innseanach, agus mar sin fhuair e fear de na *daoine* á siorramachd Rois air a chosdus fhéin, agus chuir e a shearmonachadh e am measg an t-sluaigh, gus baine fìor an t-soisgeil a thoir daibh. Cha do chòrd so ris an dà mhinistir, agus cha mhò a bha iarraidh air bith aig an t-sluaigh air an *duine*. Bha aodann air cho fada ri slat-iasgaich, agus fad na seirbhis bhiodh e ri osnaich is ochanaich nach eualas riamh an leithid. Ach stadadh an osnaich glé luath na'n iarraidh tu air dram a ghabhail. Latha a bha e a' gahail an aiseig air an *Dumara*, agus cuid de na bha air bòrd a' gabhail seallaidh air muc mhòr reamhar as an Eilein Sgitheanach a bha dol gu bùids-eir ann an Grianaig, tharruing an *duine* osna throm agus thuir e, *Och, och, nach bu mhaith dhuinn uile na'n robh sinn cho deas air son a bhàis ris a' mhuic so!*

Bha am facal a labhair an duine cho neònach 's gu 'n do chuir mise romham an tuilleadh eòlais fhaotainn air. Thuir mi ann an eagar ri Calum Brocair a bha còmhla rium an cuireadh e mìothlachd air an duine na'n iarraidh air dol sìos leinn do'n cheàbainn "Mìothlachd!" arsa Calum, gu dearbh cha chuir; bha mise agus e fhéin dà uair anns

a' cheàbainn an diugh cheana. Chaidh sinn sìos, an *duine* fad na h-ùine ag osnaich agus ag ochanaich, "Is e an Tighearna," arsa esan, "a chuir ann ad chridhe caoimhneas a nochdadh d'a sheirbhiseach." An uair a chuir an stuibhard an dram air ar beulaobh thog mise agus Calum ar gloineachan, a' dol a dh' òl a shlàinte, ach dh' éirich an *duine* 'n a sheasamh agus rinn e altachadh agus theab nach sguireadh e. Gus tarruing as, thuir Calum ris, "Nach saoilinn gu'n deanadh aon altachadh feum air son an latha; rinn sibh altachadh an diugh cheana an uair a bha sinn a bhos a' gabhail drama! Co dhiu is e sin an dòigh a bhios aig Para Mac Laomainn ann an Griobunn an uair a mharbhas e mart aig toiseach a' gheamhraidh. Ni an aon altachadh feum gus am bi am baraile feòla ullamh." "Ochan! ochan! arsa an duine, bha e air innseadh leis na fàidhean gu'n tigeadh amannan cumartach is marbhantachd spioradail anns na laithean deireannach; tha Para Mac Laomuinn bochd ann an domhlas na seirbhe agus fo chuibreach na h-eucorach. Ochan, ochan, tha an claidheamh air a gheurachadh agus fòs air a lìomhadh, agus tha breitheanas am fagus dhaibh-san uile a tha ag aoradh ann an tigh Rimmoin, a' truailleadh na h-eaglais le òrgain agus laoidhean, ach tha iarmad ann an tìr nach do lùb an glùn ann an sionagag Shatain. Ochan, ochan, mo thruaighe Albainn. . . . Deagh spiorad a tha iad a' gleidheadh air an *Dumara*, theirinn gur e stuth Cheannloch a tha ann, air neo Talascair. Tha trèairean an Tì naomh mòr agus lìomhor; nach do shuidh Clann Israeil féin làimh ris na craobhan pailme ann an Elim, agus nach robh na h-uisgeachan millis d' am blas!

* * * * *

"Latha a bha mi a' bruidhinn ri Dughall Mòr, fear de 'n choimhthional aig Mgr Mac Aoidh, thuir e rium nach robh e fhéin a' dol do'n eaglais ro thrì, ach gu'm biodh a bhean a' dol innte.

"Agus e'ar son nach bi thu fhéin a' dol do'n eaglais?"

"Cha 'n 'eil e furasda dhomhsa dol do'n eaglais leis an tarbh ruadh a tha anns a' bhaile ud thall. Is aithne dha latha na Sàbaid a cheart cho mhaith ruibh féin, agus a cheart cho ciunteach 's a théid mise do'n eaglais, thig esan troimh 'n abhainn agus bidh e an so an uair a thig mi dhachaidh. Ach ged nach biodh an tarbh idir ann theagamh nach bithinn-sa anns an eaglais ro bhitheanta, oir cha toigh leam am ministear a tha againn, agus a dh' innseadh na fìrinn, cha do chuir mi m' ainm ris a' ghairm a thug iad dha."

“ Cìod a tha agad 'n a aghaidh.”

“ A dh' aon ni tha droch Ghàidhlig aige, Gàidhlig thuathach, agus tha e duilich a thuigsinn. Rud eile dheth tha na searmoin aige ro fhada; tha e coltach ri droch ghunna, sgaolidh an urchair aige gu h-eagallach.” Bidh e a' bruidhinn air fichead rud anns an aon t-searmon. Tha iad ag innseadh dhomh gu robh e a' smùideadh bho chionn trì Sàbaid-ean air an *duine* a thug an Sasunnach do 'n dùthaich. Uairean eile bidh e a' smùideadh air a' Phapa, agus air na Socinians, agus na Voluntaries. Ach an cuala sibh riamh mar a thachair dha an là a bha e a' searmonachadh anns an Leideig.”

“Cha chuala.”

“An uair a chaidh e do'n chùbaid bha paipear ri taobh a' Bhiobuill air an robh e air a sgrìobhadh gu robh ùrnuighean a' choimhthionail air an iarraidh air son duine a' chaill a bhean. Rinn Mgr. Mac Aoidh ùrnuigh fhada dhùrachdach air son an duine; ach an uair a sgaoil an eaglais dh' innis fear de na foirfich dha gu robh bliadhna mhòr bho chaidh am paipear ud a chur anns a' chùbaid, agus gu robh an duine fhéin anns an eaglais ag éisdeachd ris an ùrnuigh, *agus bean ùr aige*.

“Ach ged a tha Mgr. Mac Aoidh trom trom air a' Phapa tha e na's truite air duine-eigin ris an abair e Darwin. Bidh e ag innseadh dhuinn nach robh duine riamh air an t-saoghal cho beag tùir ri Darwin; gu bheil e ag ràdh nach robh Adhamh air a chruthachadh idir mar a tha am Biobull ag innseadh, ach gu'n d' thàinig an duine bho rud-eigin coltach ri muir-teuchd, agus an sin gu'n do thòisich am muir-teuchd air streap suas anns an t-saoghal gus mu dheireadh an d' fhàs e 'n a mhoncaidh, agus an uair a chaill am moncaidh 'earball le bhi suidhe air agus a dh' ionnsaich e seasamh air a chasan deiridh, gu'n do rinn Dia duine dheth.”

“Ged nach bi mise mi fhéin a' dol do'n eaglais,” arsa Dughall, “agus a tha mi glé choma ged a chuireadh Darwin an Diabhol as (tha iad ag ràdh gu bheil e a' feuchainn ri sin a dheanamh), is gasda leam a bhi ag éisdeachd ri argumaid uime ann an ceàbainn a' *Chlansman*. Chuala sibh iomradh air a' *Chlansman*, bata cho comhfhurtachail 's a tha dol mu'n cuairt na Maoile, agus a tha tadhall anns a h-uile port eadar an t-Oban agus Steòrnabhagh. Am bitheantas tha uir-ead sheòrsachan dhaoine innte 's a tha innte de charago; Sasunnaich a' dol do na h-eileanan a shealg no a dh' iasgach; ministearan a' tighinn dachaidh o'n t-Seanadh; marsantan éisg, is marsantan gual, is marsantan aodaich, is marsantan bathair; dròbhairean is sgoilearan òga; tuathanaich is ciobairean;

agus glé thrìc daoine o Bhord an fhearainn. An uair a lasar na soluis anns a' cheàbainn agus a chuirear na gloineachan air a' bhòrd agus a thòisicheas seanchas, faodaidh tu a bhi cinnteach gur h-ann aig eaglaisean is creideamh is creud a stadas e, ged a dh' fhaodas gur h-ann aig prìsean ghàmhna aig an Eaglais Bhric a thòisich e.”

“Uair a bha sinn anns a' *Chlansman*, agus sinn a' gabhail drama anns a' cheàbainn bha sinn a' connsachadh gu maith teth mu'n t-saoghal eile. Thuir Sasunnach a bha anns a' chuideachd nach robh anam ann an duine na's mò na tha e ann am muic, agus nach biodh e aig uair a bhàis ach mar gu'm biodh beathach eile. Chuir so fearg uamhasach air ministear de'n eaglais Shaoir a bha 'n a shineadh air suidheachan, agus leum e 'n a sheasamh gus dol an caramh an t-Sasunnaich. Ach ghlaoidh ban-Eirionnach a bha 'n a suidhe anns a' cheàbainn ris. “Ud, Ud, a mhinistir, leigibh leis a' *chreut air dhona*; nach d' thuir e fhéin nach 'eil ann ach a' mhuc co-dhiù; agus mar is tinne a bheireas sibh air earball muice is ann is motha a ni i de sgiamhail.”

“Tha sin coltach ris a' bhàillidh nach robh a' creidsinn ann an Dia no ann an saoghal eile, agus a bhiodh a' magadh air daoine a bhiodh a' dol do'n eaglais. Thàinig rud-eigin ceàrr air a' ghrùthan aige (bha grùthan an uisge-bheatha aige) agus chaidh ministear na sgìreachd 'ga amharc an uair a chual e gu robh e tinn. Cha robh modh anns a' bhàillidh co-dhiù, ach bha na bu lugha aige air fad an uair a chaidh a ghrùthan air aimhreit, agus thuir e ris a' mhinistear. m' an gann a shuidh e, gun e a dheanamh ùrnuigh 'na sheòmar-san oir nach robh e a' creidsinn ann am faoineas de'n t-seòrsa sin, agus nach robh anam ann na bu mhò na bha anns an each ruadh aige. Cha d' thubhairt am ministear a' bheag aig an àm, ach an uair a bha e a' falbh, dh' iarr am bàillidh air tadhall ann an tigh an dotair agus iarraidh air tighinn far an robh e gun dàil. “Ni mi sin,” arsa am ministear, “ach an uair a ràinig e an doras, thionndaidh e air a shàil agus thuir e ris a' bhàillidh. Nach fheàrr dhomh dol a dh' iarraidh *an vet?*”

An cuala sibh riamh an rud a thuir Para Mac Laomainn ris na Collaich a bha tighinn dachaidh o'n Fhaidhir Mhuilich agus iad air an leth dhalladh, agus iad a' gearan gu cruaidh gu robh Dòds agus Bruce a' toirt ifrinn agus an Diabhoil o dhaoine? “Cò air bith,” arsa Para, “d' am bi a' chall sin, *cha 'n ann do mhuinntir Cholla*” Uair eile agus iad a' càineadh sgoilearan a bha toirt bhuapa criomain de'n Bhiobull thuir e, “Nach coma duibh-sa oir cha 'n 'eil sibh a' leughadh an leabhair co-dhiù.”



SUIM NA DIADHAIDHEACHD.

Dh' innis e dhuit, O dhuine, ciod a tha maith; agus ciod a tha Iehobhah ag iarraidh ort, ach ceartas a dheanamh, tròcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dhia.—*Micah, vi, 8.*

Bho thoiseach an t-saoghail bha a' cheist so ann an cridhe mhic an duine, Ciod a tha Iehobhah ag iarraidh oirnn, agus ciod leis an tig sinn an làthair an Ti as àirde? Anns na làithean deireannach so that fhios againn uile gu maith ciod a tha Dia ag iarraidh oirnn, co dhiu a tha sinn 'g a dheanamh no nach 'eil, ach ann an òg-mhaduinn an t-saoghail cha robh an t-eòlas sin aig ar n-aithrichean. Cha 'n ann a dh' aon bhoillsgeadh a thàinig solus na firinn ach uigh ar n-uigh, àithne air àithne, riaghailt air riaghailt, beagan an so, beagan an sud. Labhair Dia o shean an iomadh earrainn agus air iomadh dòigh m' an do labhair e le Mhac. Agus ged a dh' fhaodas an creideamh a bha aig Israel ann an toiseach a h-eachdraidh mu Dhia agus mu dhiadhaidheachd a bhi leanabail 'n ar suil-ean-ne, is e an creideamh sin a' ghucag as an d' thàinig an creideamh Criosduidh ann an lànachd na h-aimsir, an brat-spèilidh anns an robh Slànuighear an t-saoghail paisgte. An uair a bha daoine a' tairgseadh tharbh is reitheachan do Dhia air ghaol a bhi ann an réite ris, air neo a' toirt toradh an cuirp dha air son peacaidh an anama, bha iad a' deanamh sin a chionn gu robh e 'na fhaochadh d' an coguis a bha toirt fianuis 'nan aghaidh. Cha b' aithne dhaibh dòigh a b' fheàrr air an cionta aideachadh no air fàbhar Dhe a chosnadh. B'e sud an dòigh anns am bu ghnàth leò dol an làthair rìghrean is mhaith-ean na talmhainn, agus ciod an t-iongnadh gu'n saoilleadh iad gu'n éisdeadh an Rìgh Mòr r' an ath-chuinge air sgàth an tabhartasan? Ach lion beag is beag, fo theagasg nam fàidhean aig an robh inntinn a bu spioradaile agus a bu ghéire na bha aig na sagartan, chuir Israel na seann nithean sin air chùl agus ràinig i air an fhirinn a chuir an Slànuighear anns na briathran, "Is Spiorad Dia: agus is éigin d'a luchd-aoraidh aoradh a dheanamh ann an spiorad agus ann am firinn." Co dhiu, fhuair a' chuid a b' fheàrr de 'n t-sluagh greim air an fhirinn so.

Is e an t-seirbhis mhòr a rinn na fàidhean ann an Israel, gu'n do dhearg iad air inntinn an t-sluaigh nach b' urrainn dhaibh Dia a thoileachadh, agus nach gabhadh e r' an aoradh as *eugmhaïs an caitheamh-beatha*

a bhi ceart. Shearmonaich iad air a' cheann-teagaisg sin gun sgur, agus bha feum air, oir bha an luchd-dùthcha a' saoil sinn gu robh cùisean ceart eadar iad féin agus Dia, na'n tigeadh iad 'na làthair le tabhartasan aig amannan sònruichte agus ann an àitean suidhichte a réir riaghailtean nan sagartan, co dhiu a bha no nach robh iad 'nan daoine firinneach, onorach, stuama.

"*Ciod e lionnkorachd ur n-ìobairtean domh-sa? deir Iehobhah; na tugaibh tabhartas dìomhain uaibh nì's mò; nìghibh, glanaibh; cuiribh air falbh olc 'ur deanadais as mo shealladh: squiribh de dheanamh uile; foghlumaibh maith a dheanamh: iarraibh breitheanas; cuiribh ceart an t-ainneartach; cumaidh còir ris an dill-eachdan; tagraibh cùis na bantraich.*"
Isaiah I.

An rud a bha ann tha e ann fhathast, agus an latha diugh tha an droch phòr so, an cogull a thachd facal Dhé ann an cridhe Israeil, a' fàs ann an cridhe mhic an duine. Oir tha daoine ullamh gu bhi 'g am mealladh féin nach seall Dia air a' chridhe, agus gu'm faod iad a bhi diadhaidh gun a bhi ceart is tròcaireach is iriosal. Ach cha ghabh dealachadh a dheanamh eadar spioradalachd is moraltachd, eadar diadhaidheachd is fireantachd; that iad a' dol ann an cois a chèile, agus an ni a cheangail Dia na cuireadh duine fa sgaoil.

Ciod a tha Dia ag iarraidh ort ach ceartas a dheanamh agus tròcair a ghràdhachadh agus gluasad gu h-iriosal maille ri d' Dia? Cha ruigear a leas argumaid a dheanamh mu na briathran so, oir cho luath 's a chluinn-ear iad gabhar riutha. Tha reusan is coguis an duine ag aontachadh leis an fhirinn. An neach a ni ceartas agus a ghràdhaicheas tròcair agus a ghluaiseas gu h-iriosal maille ri Dia, faodaidh e dol an làthair Dhé le dànachd naomh, ann an làn dearbhachd gu'n aidich Dia e mar mhac. Sin teagasg Mhichah, agus their cuid de dhaoine ruinn gu bheil an soisgeul uile ann. Ann an seadh tha sin fìor, oir is e crìoch àraid an t-soisgeil gu'n tionndadh e daoine gu ceartas a dheanamh, agus tròcair a ghràdhachadh, agus gluasad gu h-iriosal maille ri Dia. Ach c' àite an ionnsaichear ciod e ceartas is tròcair is irioslachd ach a mhàin fo theagasg an t-soisgeil? Nach e Iosa Criosd a nochd do'n t-saoghal 'na bheatha féin maise nam beusan naomha sin! Agus c' àite am faigh daoine lag peacach neart air son briathran an fhàidh a choimhlionadh ach a mhàin o'n t-Slànuighear anns am bheil cumhachd Dhé, agus a gheall a bhi do ghnàth maille riu.

Cha do rinn an soisgeul briathran an fhàidh sean, agus cha mhò a chuir e air chùl iad, ach lion e iad le brìgh is reamhrachd nach robh anna an toiseach, air chor agus gu bheil daoine a nis a' faicinn àirde is leud is dòimhne annta nach faca Micah féin. Is e teagasg is beatha Chrìosd as aobhar dha sin.

Ma tha e fìor gur e na nithean a dh' ainmich am fàidh "suim na diadhaidheachd," tha e fìor mar an ceudna nach ruigear orra gu bràth ach fo bhuaidh spiorad an t-soisgeil. Is ann fo theagasg Chrìosd agus ann an co-chomunn a spioraid-san a bheir eridhe mhic an duine a mach toradh na naomhachd. "Fanaibh annam-sa agus mise annaibh-se." Far am bheil an t-aonadh sin, bithidh a thoradh. Iadsan aig am bheil gràdh dhàsan fuathaichidh iad olc, agus faodar dol an urras orra gu'm bi iad, an dà chuid, tròcaireach agus iriosal.

GNIOMHARAN NAN ABSTOL.

Bha an leabhar so air a sgrìobhadh le Lucas, fear-eachdraidh a b' fheàrr a bha anns an eaglais Chrìosduidh anns a' cheud linn. Chuir Lucas comain air an t-saoghal nach gach innseadh, oir ged nach robh e air àireamh am measg nan abstol sgrìobh e barrachd de'n Tiomnadh Nuadh na sgrìobh neach eile. Cha 'n e mhàin gu'n do rinn e sin ach is e a sgrìobh an crioman sin de eachdraidh na h-eaglais anns am faicear ciamar a bha a bunaithean air an leagail agus ciamar a bha i air a stiùradh leis an Spiorad Naomh ann an toiseach a làithean. As eugmhais an leabhair so bhiodh cùrsa na h-eaglais anns a' cheud linn anabarrach dorcha agus cha bhiodh leus soluis againn air na h-amannan sin ach am beagan a tha litrichean Phoil a' toirt dhuinn. Cha bhiodh e furasda do dhiadhairean bun no bàrr a dheanamh de litrichean Phoil, no an eachdraidh a tha annta a thàthadh ri chèile mur biodh Gníomharan nan Abstol aca, 'g an cumail ceart.

Tuigear uaith so, mata, gu bheil sinn gu buileach ann an eiseimeil Lucais airson an eòlais a tha againn mu chraobh-sgaoileadh an t-soisgeil eadar bàs Chrìosd agus bàs Phoil, agus b'e sin na bliadhnachan anns an robh na miorbhuilean as motha a thachair riamh ann an eachdraidh na h-eaglais air an deanamh le cumhachd an Spioraid. A thaobh beatha Chrìosd agus na nithean a thachair 'n uair a bha e air thalamh tha ceithir fianaisean againn; Mata, Marc, Lucas, is Eoin; agus ged bhiodh fear de na fianaisean sin air chall cha bu chall nach gabhadh leasachadh e, ged bu chall mòr e. Ach a thaobh

cùrsa na h-eaglais o latha na Caingis 'nuair a fhuair i tìodhlac an Spioraid Naomh gu deireadh na ceud linn 'nuair a bha eaglais-ean air an suidheachadh anns gach ceàrn eadar Ierusalem agus an Roimh, cha 'n 'eil againn ach aon fhianuis, agus is e sin an leabhar a sgrìobh Lucas, air chor agus gu'm bu chall nach gabhadh leasachadh call an leabhair so. Bha Lucas 'n a dhuine ciallach, creideasach, aig an robh inntinn fharsuing is aig an robh meas air firinn; agus tha aobhar againn a bhi creidsinn gur e làmh an Tighearna a thagh e á measg chàich a chum cunntas cinnteach a thoirt do na linn-tean a thàinig 'na dhéidh, air na gnìomharan a rinn na h-abstoil.

Ged a theirear Gníomharan nan Abstol ris an leabhar an diugh cha 'n 'eil e coltach gur e Lucas féin a thug dha an t-ainm sin. Cha 'n 'eil an t-ainm uile gu léir freagarrach oir cha 'n 'eil an leabhar a toirt cunntais ach air *beagan* de'n obair a rinn *fear no dha* de na h-abstoil. Anns a' cheud chuid de'n leabhar cha 'n 'eil iomradh air abstol ach Peadar, ged tha mòran air a ràdh mu ghnìomharan Philip is Stephein, daoine nach robh 'n an abstoil idir. Agus anns a' chuid mu dheireadh de'n leabhar is ann air obair Phoil a mhàin a tha Lucas a' tighinn thairis.

Is e an t-aobhar sònraichte a bha aig Lucas 's an t-sealladh ann an sgrìobhadh an leabhair cunntas a thoirt air fàs is cinneas a' chreidimh Chrìosduidh o là na Caingis gus an do ràinig an soisgeul an Ròimh. Anns an t-soisgeul a sgrìobh e dh' innis e mu na nithean a rinn agus a theagaisg Iosa gus an là an do thogadh suas E, agus anns an leabhar so tha e a' dol air aghaidh leis an naigheachd agus ag innseadh mu na nithean a rinn Chrìosd anns an eaglais le cumhachd an spioraid a bhuilich e air na h-abstoil. Tha an leabhar a' lìonadh a' bhealach eadar an soisgeal agus litrichean nan abstol. Shaoileamaid o'n dòigh anns an do chrìochnaich Lucas a shoisgeul gu'n do thogadh Chrìosd suas gu nèamh air latha 'aiseirigh, ach anns an leabhar so tha e a' toiseachadh air a naigheachd le bhi ag innseadh gu robh Chrìosd air thalamh dà fhichead là an déidh dha éirigh o na marbhaibh agus gu'n do labhair e ris na h-abstoil mu na nithean a bhuineadh do rìoghachd Dhe. Labhair e riu mar an ceudna mu tìodhlac an Spioraid Naomh a bha gu bhi air a thoirt dhaibh, agus dh' innis e dhaibh gu'm biodh iad 'n am fianuisean dha-san ann an Ierusalem, ann an Iudea uile, ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn.

Air do Chrìosd a bhi air a thogail suas, b'e a' cheud char ris an do chuir na h-abstoil an làmh, àite Iudais a lìonadh, agus air dhaibh Matias a thaghadh, dh' fheith iad ann





an Ierusalem ri teachd an Spioraid Naomh.

Tha an naigheachd a bha aig Lucas r'a innseadh a' toiseachadh anns an dara caibid-eil anns a bheil e ag ràdh, "An uair a thàinig là na Caingis bha iad gu léir a dh' aon inntinn ann an aon àite, agus thàinig gu h-obann toirm o nèamh, agus lionadh iad uile leis an Spiorad Naomh, agus thòisich iad air labhairt le teangaibh eile, a réir mar a thug an spiorad comas labhairt dhaibh." B'e so là-breith na h-eaglais, agus anns a' chòrr de 'n leabhar tha Lucas ag innseadh ciamar a dh' fhàs an eaglais a chuireadh air chois anns an dòigh so le comharran follaiseach is mìorbhuileach, gus an do ràinig an creideamh Crìosduidh iomallan na talmhainn mar dh' innis Crìosd roimh làimh.

Faodar an leabhar a roinn 'n a chòig earrannan:—

- (1) CAIB. II—VIII, 3.—*Fàs na h-eaglais ann an Ierusalem.*
- (2) CAIB. VIII, 4—XI, 18.—*Fàs na h-eaglais ann an Samaria.*
- (3) CAIB. XI, 19—XIII, 3.—*Fàs na h-eaglais ann an Antioch.*
- (4) CAIB. XIII, 4—XXI, 16.—*Turusan soisgeulach Phòil.*
- (5) CAIB. XXI, 17—XXVIII, 31.—*Turus Phòil do Ierusalem agus do'n Roimh.*

A' CHEUD EARRANN. Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas ag innseadh mar a dh' fhàs an eaglais ann an Ierusalem o là na Caingis, agus bho na nithean air an do rinn e iomradh tha e soilleir gur e a bha aige 's an t-sealladh aire a luchd-leughaidh a tharruing a dh' ionnsuidh *cumhachd is ùghdarras* nan abstol. Mar chomharradh air a' chumhachd a fhuair iad le teachd an Spioraid, tha e a' toirt am follais searmon drùighteach a liubhair Peadar air là na Caingis, searmon a bha air a bheannachadh cho mòr 's gu'n robh trì mìle duine air an iompachadh an là sin. Mar chomharradh eile air *cumhachd* nan abstol tha e ag innseadh mu'n duine bhacach a leighis Peadar aig geata an teampuill agus tha e ag innseadh mu mhisneach Pheadair is Eoin 'nuair a bha iad air an toirt air beulaobh na Comhairle. Anns a' bhàs obann a thàinig air Ananias agus air Saphira, an lorg nam breug a dh' innis iad, chunnaic Lucas comharradh follaiseach air ùghdarras is cumhachd nan Abstol, agus is e sin an t-aobhar gu'n d' thàinig e thairis air an naigheachd. Ann an aon fhacal, tha a' cheud earann de'n leabhar a' nochdadh gu'n robh *cumhachd* anns an eaglais òig nach buineadh do'n t-saoghal, cumhachd a fhuair i o'n àirde, agus ged nach leigeadh ùine le Lucas iomradh a dheanamh air na h-uile nithean a thachair ann an toiseach a h-eachdraidh, thagh e as na naigheachdan a fhuair

e o dhaoine creideasach té no dhà a bha e an dùil a nochdadh do na ginealan a thigeadh 'na dhéidh "gu'n do rinneadh mòran de mhìorbhuilean agus de chomharran leis na h-abstoil."

AN DARA EARRANN. Tha an dara earrann de 'n leabhar a' dearbhadh firinn an fhacail, gur e fuil nam martarach sìol na h-eaglais. 'Nuair a dh' fhàs na Crìosduidhean lionmhor thòisich seanairean is sgrìobhaichean is riaghlairean nan Iudhach air eagal a ghabhail, agus thàinig an gamhlas a bha aca do luchd-leanmhuinn Chrìosd gu àirde an là a chual iad Stephen a' liubhairt teagasg a bha dhaibh-san mar thòibheum. Chuir iad Stephen gu bàs "agus dh' éirich geur-leanmhuinn mhòr an aghaidh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem, agus bha iad uile air an sgapadh air feadh tìr Iudea agus Shamaria. Uime sin dh' imich an dream a sgapadh feadh gach àite, a' searmonachadh an fhacail." (*Gnìomh viii, 1-4.*) Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas a' leudachadh air a' bhuanachd a fhuair an eaglais an lorg nan trioblaidean a thàinig oirre, agus chunnaic e anns na nithean a thachair ann an Samaria fo shearmonachadh na feadhnaich a bha air am fògar bho Ierusalem comharradh eile air cumhachd is rùn-dìomhair Dhe. Tha e ag innseadh mu gnìomharan comharrachichte a bha air an deanamh am measg chinneach le Peadar is Philip, agus a' crìochnachadh na h-earrann so le cunntas mionaideach a thòirt air an dòigh anns an robh dorus na h-eaglais Chrìosduidh air fhosgladh le Peadar do'n chinneach Cornelius, (*Gnìomh x, 1-48.*) B'e so a' cheud uair a thairg an eaglais saor ghràs Dhe do na cinnich agus do'n mhìuinn-tìr a bha 'n an coigrich o choimhcheangal Israeil, agus sheulaich Dia an gnìomh a rinn Peadar, oir "thùrling an Spiorad Naomh orra-san uile a chual am facal." (*Gnìomh x, 44.*) Gu ruige so is e Peadar an t-abstol a tha seasamh os cionn chàich ann an eachdraidh Lucais, ach anns an naoieamh caibid-eil tha e ag innseadh mu iompachadh Phòil, agus le teachd Phoil tha ainm Pheadair a' tuiteam a mach as an leabhar.

AN TREAS EARRANN. Anns an earann so de'n leabhar tha Lucas a' toirt cunntas air an dùsgadh a thachair ann an Antioch agus a bha 'n a mheadhon air àireamh mhòr de na cinnich a thòirt a steach do'n eaglais. Cha robh na h-abstoil a dh' aon inntinn a thaobh nan cinneach. Bha cuid dhiùbh am beachd gu'm bu chòir dhaibh a bhì air an tìmchioll-ghearradh m'an gabhteachd a steach iad do'n eaglais, ach bha cuid eile am beachd nach robh feum sam bith ann a bhì cur seann chuingean Iudhach mu amhaichean nan cinneach. Ged a dh' éirich a' cheist so am

measg seanairean na h-eaglais roimhe so, is e an dùsgadh a thachair am measg nan cinn-each ann an Antioch agus ann an àitean eile fo shearmonachadh Phòil is Bharnabais a bu mheadhon air a' ghnòthuch a thoirt gu ceann-criche. Bha a' cheist air a deasbud anns an eaglais fad bhliadhnachan gun a bhì air a reiteachadh, ach air do Phòil till-eadh air ais bho thurus soisgeulach chuir e féin is Peadar is Seumas an gnothuch an dara taobh. Fo threòrachadh an Spioraid Naoimh thàinig iad gu co-dhunadh nach robh e freagarrach soisgeul nan saor-ghràs a chuibhreachadh le cleachdanan an t-seann lagha, agus mar sin réitich iad slighe na h-eaglais am measg nan cinn-each.

A' CHEATHRAMH AGUS A' CHOIG-EAMH EARRANN. Anns an Caib, xiii, 2, tha Lucas ag ràdh mu eaglais Antioch, " air dhaibh a bhì ri ministreileachd do'n Tigh-earna agus a' trasgadh, thubhairt an Spiorad naomh, Cuiribh air leth dhomh-sa Barnabas agus Saul chum na h-oibre gus an do ghairm mi iad." B'e sin ceum cho sòluimte agus cho buannachdail 's a ghabh an eaglais riamh, oir le saothair is searmonachadh Phòil bha an soisgeul air a ghiùlan gu iomall na talmhainn is bha na cinnich air an toirt a steach do eaglais Chrìosd. Anns a' chuid so de'n leabhar tha Lucas a' toirt cunntas mionaideach air beatha is obair Phòil, cunntas a tha a' comb-chòrdadh ris na litrichean a sgrìobh Pòl féin ged a tha Lucas a' toirt dhuinn fiosrachaidh mu iomadh ni air nach d' thug Pol iomradh.

Ciamar a fhuair Lucas eòlas air na nithean a dh' innis e anns an leabhar so? Air cuid de na nithean sin bha e 'n a shùil-fhianuis oir bha e maille ri Pol agus r'a chomh-oibrichean cuid mhaith bhliadhnachan, agus cha 'n 'eil teagamh nach robh a shùil daonnan air an leabhar a bha e am beachd a sgrìobhadh. Agus a thaobh na codach eile, na nithean a thachair ann am bailtean anns nach robh e riamh, na searmoin agus na h-draidean a tha e a' cur sìos ged nach cual e iad, agus còmhraidhean a bha eadar daoine nach b' aithne dha, tha e coltach gu'n do rinn e mar a bhios luchd-eachdraidh a' deanamh gus an là an diugh, gu'n do rannsaich e gach chuil, gu'n do cheasnaich e gach duine creideasach, is gu'n do sgrùd e gach sgrìobhadh is beul-aithris a bheireadh dha forfhais mu fhàs na h-eaglais agus mu na gnìomharan a rinn na h-abstoil. A thuilleadh air sin, tha aobhar againn a bhì creidsinn gu robh Lucas air a sheòladh le spiorad an Tighearna 'nuair a sgrìobh e mu obair nan abstol a' cheart cho cinnteach 's a bha na h-abstol fhéin air an stiùradh leis an uair a rinn iad na nithean mu'm bheil esan ag innseadh. Is ann do 'n aon

Mhaighstir a rinn esan agus iadsan seirbhis; is e an t-aon Spiorad a fhuair iad, agus bha a chuid-san de'n obair a cheart cho feumail ris na mìorbhuilean a rinn Peadar no na searmoin a rinn Pol. Tha dreach na fìrinn air an eachdraidh a sgrìobh e, agus choimh-lion e ann an dòigh a tha anabarrach drùighteach an rùn a bha 'n a chridhe an uair a ghlac e am peann, a dhearbhadh do dhaoine gu'n d' thàinig feartan ùra is cumhachd ùr do'n t-saoghal air là na Caingis.

LAOIDH CREIDIMH.

Seallaibh rium-sa, agus bithibh air bhur tearnadh, uile iomalla na talmhainn.

Le creidimh seallaidh mi
Riut fein, Uan Chalbhari,
Mo Shlànuighear caomh;
Nis éisd ri m' ùrnuigh bho chd,
Glan uam mo chiont 's mo lochd;
O bitheam beò dhuit féin
'Na dhéidh so chaoidh.

O biodh do ghràs gach àm
Toirt trèòir do m' chridhe fann;
Dean m' eud na's mò;
Bho 'n bhàsaich thu 'g am dhion,
O biodh mo ghràdh dhuit fìor,
Glan, beò, is buan gu sìor,
'Na theine beò.

Troimh fhasach dorch' an t-saogh'l
Is teinn tigh'nn orm gach taobh
Dean féin dhomh iùl;
Tionndaidh mo dhorch' gu là,
Siab uam deur bròin is cràidh,
Mo cheuman stiùir a ghnàth,
Gu tàmh dhuit dlùth.

An uair thig crìoch mo làith,
'S sruth dhaicnidh fuar a' bhàis
Ag iadhadh dlùth,
A Shlànuigheir chaoimh, na tréig,
Cuir geilt 's an-earbs bhuam féin;
O giùlain mi gun bheud
A sheinn do chliù.

Bha an laoidh so air a sgrìobhadh le ministear de mhuintir America, an t-Ollamh RAY PALMER. Cha robh e ach dà bhliadhna air fhichead 'nuair a sgrìobh e i, agus tha e féin ag innseadh gu 'n do sgrìobh e i le deòir 'na shùilean. Tha an laoidh air a h-eadar-theangachadh gu iomadh canain. Is e A. Mac Eachuinn a thionndaidh i gu Gàidhlig. Chuireadh i an Laidionn, am Fraingis, an Gearmailt agus an cainnt mhòran chinneach anns na h-Innsean an Ear is China. Rinn Palmer laoidhean eile ach cha d' fhuair gin dhiubh an t-àite a fhuair i so ann an cridhe na h-eaglais Chrìosduidh.

Handwritten header text, possibly a title or page number, located at the top center of the page.

Left column of handwritten text, containing several lines of cursive script.

Right column of handwritten text, containing several lines of cursive script.



ANN'S A' CHATHAIR.

An uair a phòs Calum Caimbeul Cairistiona Ruadh, ogha an dròbhair a bha anns a' Chaolas, chuir Seònaid Eachainn air am manadh gur h-ann air Cairistiona a bhiodh a' bhriogais. Bha Calum 'n a dhuine car diùid co-dhiù, air chor agus nach biodh e duilich do bhean sprachdail air bith a chur fo mhaide-na-poite, ach ged nach biodh e idir diùid bhiodh e duilich dha a chasan a sgaoileadh air a thaobh féin de 'n teine gun chead Cairistiona, oir bha ise 'n a boirionnach làidir fearail air nach d' fheuch fear eile taod a chur gus an do chuir am mi-fhortan agus an sannt Calum Caimbeul 'n a rathad. Cha b' ann air a gaol fhéin idir a rinn e suas rithe ach air ghaol a codach, ach cleas iomadh fear eile a phos luid air son a cuid cha robh Calum fada an ceangal rithe an uair a bheireadh e an saoghal uile ach e bhi mar bha e. Latha a chaidh e dhachaidh is deur beag drama air, an déidh dha na gamhna a reic, thug i stràic dha air an leth-cheann, is rinn i coileach-dubh dheth air an ùrlar, is chuir i a laighe e gun a shuipeir, mar gu'm biodh balach beag.

B'e an coimhearsnach a bu dlùithe aig Calum Seumas Bàn, a bha 'n a fhoirbheach anns an eaglais. Ged nach robh Seumas mòr 'n a phearsa bha e 'n a dhuine deas is spail-pearra, gu maith beachdail air fhéin is neor-thaing facal aige. Ach air a shon sin, bha a thrioblaid féin aig Seumas, a' cheart trioblaid a bha aig Calum Caimbeul, ach a mhàin gu'm b'e ainm a thrioblaid-san Ceit. Bha fhios aig an dùthaich uile, eadar an Caolas agus Ceannamhara, gu robh an t-eildear bàn fo mhaide-na-poite cho mhaith ri Calum Caimbeul, ach ma bha, cha bhiodh daoine 'g a ghabhail so orra ris an fhoirbheach féin, oir cò a b' fheàrr facal na esan an uair a chruinnicheadh seanairean a' bhaile aig a' chachaleith, no cò a bu cholt-aiche a bhi 'n a rìgh 'n a thigh féin?

An àm earraich is foghair bhiodh Calum Caimbeul is Seumas a' cuideachadh a chéile, agus glé bhitheanta bhiodh seanchas aca ann an sabhal Sheumais, agus latha de na làithean sin so an seanchas a bha eatorra, facal air an fhacal.—

Calum: “Bha cho mhaith dhomh dol a dh' America agus an tigh fhàgail aice fhéin; o mhoch gu dubh tha a teanga an sàs annam, ach an raoir chaidh an donas uile gu léir innte.”

Seumas: “Biodh faighidinn agad-sa, a Chaluum,—agus cuimhnich air na daoine naomh o shean a bha air am pianadh le droch

mhnathan; Lot is Iob, is Solamh, is Pol.”

Calum: “Is coma dhòmhsa ciod a dh' éirich do dhaoine eile; is coma dhomhsa ach am bior a tha 'n am fheòil fhéin. Thoill Solamh na fhuair e, ach cha chuala mi riamh gu robh Pol fo òrdag boirionnaich; bha dùil agam nach robh esan pòsda idir.”

Seumas: “Ubh, ùbh, bha; nach 'eil e fhéin ag innseadh mu'n sgolb a bha 'na fheòil!”

Calum: “Mata leugh mise anns an duilleig Ghàidhlig ann an leabhar dearg na h-eaglais gur e galair-shùl air chor-eigin an sgolb a bha aig Pol 's an fheòil.”

Seumas: “Theagamh gu'n do leugh, a Chaluum, ach ged nach ann a' cur sìos air an fhear a bhios a' sgrìobhadh na duilleig sin a tha mise, bidh e a' dol ceàrr air uairean, agus chaidh e fada fada ceàrr mu thrioblaid Phòil. Ach ciamar nach rachadh agus gun bhean aige fhéin? Creid thusa mise, a Chaluum, nach h-urrainn duine air bith a' chaibideil ud a thuigsinn no mhìneachadh ach duine aig an robh crois 'n a thigh mar bha aig Pol; *sgolb 's an fheòil, teachdair Shàtain*,—tha an rud cho soilleir dhomhsa ris a' ghréin!”

Calum: “Ud, ud, a Sheumais, tha thusa na's seirbhe air na mnathan na mi fhéin, ged a tha mi air mo shàrachadh le droch nàdur is teanga Cairistiona; na'n cluinn-eadh daoine sibh is ann a shaoileadh iad gu bheil sibh fo smàig aig Ceit.”

Seumas: “Fo smàig aig Ceit! Cha do chuir boirionnach còta riamh oirre a chuireadh mise fo h-òrdaig. Mur biodh tusa maol is bog cha leigeadh tu le Cairistiona làmh-an-uachdar fhaotainn ort mar a fhuair i; na'm b' ann agam-sa a bha i chuirinn car na h-amhaich.”

Calum: “Tha e furasda gu leòir dhuit-sa sin a ràdh, a Sheumais, ach cha 'n aithne dhuit Cairistiona mar is aithne dhomhsa i. An là ud a reic mi na gamhna, dh' fhairich mi sprachd a' tighinn annam fhéin leis an dara gloine, agus thuirt mi rium féin air an rathad dhachaidh gu'n leiginn fhaicinn dhi cò againn ceann an teaghlach agus gu'm feumadh i a bhi umhail dhomh, ach cho luath 's a sheas mi air an ùrlar 's a chunnaic mi sùilean Cairistiona a' dol tromham mar gu'm biodh gimleid anns gach té dhiubh, agus a chunnaic mi a h-aodann a' fàs dearg mar gu'm biodh cìrean coilich-frangaich, chaill mi 's iosgaidean an lùth,—is chaidh mi a laighe.”

Seumas: “Cha 'n 'eil annad, a Chaluum, ach an gealtair; ach theagamh nach 'eil e cho furasda do d' leithid-sa nach robh riamh 'n ad mhaighstir ann ad thigh fhéin do bhean a

chumail 'n a h-àite 's a tha e dhomhsa, oir cha do ghabh Ceit oirre riamh facal a thoirt air ais dhomh."

Calum: "Obh!, òbh!, nach tu fhéin a tha fortanach, a Sheumais, nach ann agad a tha an t-aobhar a bhi taingeil do'n fhreasdal bean mar a tha Ceit a bhi agad."

Seumas: "Bha am Freasdal fàbharach rium gun teagamh, ach bha mi fhéin glic cuid-eachd anns an dòigh cheart a ghabhail oirre aig toiseach gnothuich. Na'n do rinn thusa, a Chalum, mar a rinn mise bhiodh e a cheart cho furasda dhuit Cairistiona a strìochdadh 's a bha e dhomhsa Ceit a thoirt fo ghéill."

Calum: "Cìod an dòigh a ghabh thu oirre?"

Seumas: "Innsidh mi sin duit; chùim mi an taod gu maith teann oirre gus an do thuig i gu robh a maighstir an taice rithe, agus nach robh feum ann dhi feuchainn ri a ceann fhaotainn leatha. Tha bean òg, a Chalum, coltach ri loth a bhitear a' cur ann an acfhuinn; tuigidh an loth gu maith co dhiu a tha no nach 'eil eagal air an fhear a tha 'n a ceann; ma tha eagal air roimhe cha bhi ise fada gus an gabh i brath air agus an dean i a toil fhéin. Sin mar tha na boirionnaich; tha fhios aca gu maith cò a dh' fhaodas iad cotrom a ghabhail orra, agus cò nach fhaod, agus chaidh thusa ceàrr an uair a leig thu fhaicinn do Chairistiona gu'n robh eagal ort roimhe."

* * * *

Cha robh am facal buileach a mach as a bheul an uair a dh' fhosgail doras an t-sabhaill agus faicear Ceit 'n a seasamh m'a choinneamh, agus am batal 'n a suil is 'n a h-aodann. Leum an dà bhodach a bha 'n an sìneadh air a' chonnlaich 'n an seasamh mar gu'm biodh daoine air an do rugadh ann an cron, ach is e Ceit a bhruidhinn.—"Nach 'eil an t-àm agad-sa, a Sheumais, làmh a thoirt air car air chor-eigin anns an latha earraich seach a bhi a' suidhe ann an sin a' ràbhart ri Calum Caimbeul, gaotharan nam bailtean. Nach bochd an rud e nach 'eil de thùr ann ad cheann glas fhéin na dh' innseas dhuit gu bheil sid is so a' dol a dholaidh agus thusa air do dhrum anns a' chonnlaich. A mach as a so thusa, a Chalum Caimbeul; tha an t-àm agad t' aghaidh a thoirt air an tigh; mo thruaighe an té a tha an ceangal riut; agus greas ort, a Sheumais, A bheil thu a' tighinn?"

Seumas (gu dìblidh umhail): "Tha mi a' tighinn, a Cheit."

RICHARD BAXTER.

An raoir thug mi greis a' leughadh leabhair a tha glé bhitheanta 'n am làmhan, an leabhar a bha air a chur a mach le m' fhear-dùthcha Dòmhnall Mac Illeathain nach maireann, ministear Dhiùrinnis, fo'n ainm

Typographia Scoto-Gadèlica. Anns an leabhar so tha cunntas air a thoirt air gach leabhar a chaidh a chur ann an clò an Gàidhlig riamh; obair mhòr is obair a ghabh ùine, obair nach b' urrainn duine eile ann an Albainn, a mach o'n Ollamh Mac Fhionghainn nach maireann, a dheanamh cho mhaith 's a rinn ministear Dhunbheagain i, oir ged nach b' fhior sgoilear Gàidhlig e agus ged nach robh e na b' èolaiche air taobh-astigh nan leabhraichean na iomadh duine eile as aithne dhomh, bha eòlas aige air an taobh-a-muigh aca nach robh aig aon duine eile ann an Albainn. A thuilleadh air gu'n robh cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig aige féin a bha fiachail, rannsaich e a h-uile leabhar-lann ann am Breatunn anns an gabhadh forfhais fhaotainn mu leabhraichean Gàidhealach, agus gach cùil is cuilidh anns an Roinn-Eorpa anns an robh amharas aige gu'm faodadh leabhar Gàidhlig a bhi air fhòlach. B' aithne dha leabhraichean air an coltas agus air an cumadh mar is aithne do chiobair na caoraich, gun sealltainn idir air an comharradh-cluaise.

Ach ged a tha e 'n a thòileachadh dhomh clach bheag a thilgeadh, anns an dol seachad, ann an càrn duine a rinn seirbhis do litreachas ar dùthcha, cha 'n ann mu mhinistear Dhunbheagain a bha mi a' ciallachadh seachas a dheanamh an tràth-sa, ach mu Richard Baxter, diadhair urramach a tha air ainmeachadh anns an leabhar so. Ged a chluinnear gu maith tric nach 'eil cainnt air an t-saoghal as buadh-mhoire ann an searmonachadh agus ann an ùrnuigh na Ghàidhlig, agus ged a chluinnear cuideachd gu robh riamh ministearan anns a' Ghàidhealtachd a bha comasach mar shearmonaichean, tha e glé iongantach nach 'eil a bheag idir againn de shearmoin Ghàidhlig bho mhinistearan Gàidhealach. Na searmoin a bhios muinntir na Gàidhealtachd a' leughadh, bha iad air an sgrìobhadh le Sasunnaich ann am Beurla, agus an sin air an tionndadh gu Gàidhlig. Rud glé nèonach ach smior na firinn. Cha'n abair mi cìod a tha mi féin an dùil as aobhar da so; thoirleadh a h-uile duine an rud a thoilicheas e fhéin as.

Tha trìubh de sheann diadhairean ann air an robh meas mòr aig na Gàidheil; Richard Baxter, Tomas Boston, agus Iain Bunian. agus theagamh gu robh buaidh aig na daoine sin air inntinnean is cridheachan ar luchd-dùthcha nach robh aig ar ministearan fhéin. Sgrìobh Baxter dà leabhar a bha air an sgoileadh gu farsuinn air feadh na Gàidhealtachd, *Gairm an Dé mhòir do'n t-sluagh neo-iompaichte*, agus *Fois shiorruidh nan naomh*. Bha a' cheud fhear dhiubh sin air a chur a mach ann an Gàidhlig ann an 1750, ann an Glaschu; a' cheud leabhar le diadhair Sasunnach a bha air a chur a mach an



Gàidhlig. B'e so a bha sgrìobhta air an duilleig-thoisich,

“*Gairm an De Mhoir do'n t-stuagh neimh-iompoichte, iompochadh agus bith beò. Le Richard Baxter. Eidir-theangailt Albannaich air iartas agus costas Eirionnaich dheagh-runaich oirdheire chum leas coitcheann Gaoidhealtachd Alba Clo-bhuailt' ann Glassacha le Aind Foulis Cloifheara an Oil-tigh. MDCCL.*”

Bha e air a chur a mach a rìs ann an 1755, 1811, 1822, 1845, 1861, 1865, 1866, 1877, 1846, 1861, 1865, 1877; a' dearbhadh gu soilleir gu robh daoine a' ceannach an leabhair agus 'g a leughadh.

B'e so a bha sgrìobhta air an duilleig-thoisich aig an leabhar eile,

“*Fois shiorruidh nan Naomh: no, Solus air Staid Bheannaichte nan Naomh a' mealtuinn Dhé air Neamh. Le Mr. Richard Baxter. Eadar-theangaichte le Iain Fairbeis, Ministear Shleit 1862.*”

Bha e air a chur a mach a rìs ann an 1865, 1868, 1871, 1874, 1878, 1862, 1865, 1868, 1871. Bha fichead is ceud duine anns a' Ghàidhealtachd a' leughadh leabhraichean Bhaxter mu choinneamh aon duine a bha a' leughadh nan searmon a chuir Eoghan Mac Dhàrmaid a mach ann an 1804.

Cò e, mata, Richard Baxter, gu'm biodh uiread so de mbeas aig daoine diadhaidh anns a' Ghàidhealtachd air? Tha sin furasda gu leòir r'a innseadh: ministear Sasunnach a bha 'obair air a beannachadh gu mòr le Dia. Ann an làithean 'òige thàinig e fo chùram anama, agus thagh e a' mhinistrealachd mar a dhreuchd. Bha e air a shuidheachadh ann an àite no dhà, ach is ann ri baile *Kidderminster* a bhios 'ainm air a cheangal gu bràth, oir lean comharraidhean follaiseach is miorbhuileach obair Bhaxter anns a' bhaile sin. Bha *Kidderminster*, a réir choslais, ain-diadhaidh thar bhailtean eile aig an àm, oir cha robh duine beò ann aig an robh cuimhne air ministear soisgeulach; cha b' aithne dhaibh ach ministearan aig nach robh sgoil no sgil; ministearan nach robh dad na b' fheàrr na figheadairean a' bhaile ann an gliocas is ann an gràs is ann an eòlas air diadhaidheachd. An uair a tha an sluagh dall ni an gille cam ministear. Ach le teachd Bhaxter 'n an measg shéid oiteag de anail bheò orra, air chor agus nach b' fhada gus an robh an eaglais làn, ged a bha i fàs an uair a bha e air a shuidheachadh innte. An uair a chaidh e do *Kidderminster* bha sràidean anns a' bhaile anns nach robh ach aon teaghlach a bha ag aoradh do Dhia, ach m' an d' fhàg e e bha sràidean ann anns nach robh aon teaghlach nach robh ag aoradh do Dhia.

Cha robh ann am Baxter gu corporra ach

duine anfhann; bha a shlàinte cho dona 's nach b' urrainn duine coire fhaotainn dha ged nach deanadh e dad ach an aire a thoirt d'a bhodhig bhreòite. Dh' fhaodadh e a ràdh mar a thubhairt Marc mu'n bhoirionnach a leighis Iosa “gu'n d' fhuiling e mòran bho mhòran lighichean,” oir tha e féin ag innseadh gu'n d' iarr e comhairle, aig aon àm no àm eile, air *sé deug ar fhichead dot-air*, ach nach do rinn an cungaidhean feum air bith dha. Ach ged a bha an fheòil anfhann bha an spiorad toileach, is choisrig an duine so gach mionaoid d'a bheatha a bha saor is pian do sheirbhis Chrìosd.

Bha e 'n a shearmonaiche maith; theagamh nach bu chall ach gu'm bu bhuannachd d'a choimhthional gu robh a chasan daonnan air bruaich na h-uagha, oir anns a h-uile searmon bha e a' labhairt riu mar nach biodh cothrom eile aige iarraidh orra a bhi réidh ri Dia. Bha a shearmoin furasda an tuigsinn; coltach ri Pol cha b' ann le òirdheirceas cainnte a bhiodh e a' bruidhinn ri daoine ach gu simplidh réidh, ann an dòigh a thuigeadh òg is sean.

An uair a bha Baxter 'n a leth-sheann duine sgrìobh e cunntas air a bheatha agus 'obair féin, leabhar beag cùbhraidh nach fhaicear ach glé anamh ann an tigh air bith an diugh, ach air a shon sin, tha, an dà chuid, gliocas is diadhaidheachd ann.

Ged a tha agus a bha na Gàidheil air an cunntas 'n an daoine cràbhach a tha fo bhuaidh an t-saoghail neo-fhaicsinnich cha d' àraich sinn riamh diadhairean dhuinn fhéin. Fhuair sinn ar beachdan ann an iasad bho dhaoine eile, gu sònraichte bho na diadhairean ris an abrar na Puritans Shasunnach, agus theagamh gu'n cuir sin solus air iomadh rud neònach ann an eachdraidh na h-eaglais anns a' Ghàidhealtachd. Cha 'n aithne dhomb ach aon mhinistear Gàidhealach a dh' fheuch ri solus a thoirt do dhaoine air dìomhaireachd na diadhaidheachd, Dòmhnall Caimbeul a bha ann an Cillembicheil. Sgrìobh esan leabhar mu bhàs agus mu fhulangas Chrìosd, *ach bha e air a sgrìobhadh ann am Beurla*. Cha 'n urrainn mi a ràdh co dhiu nach b' urrainn e, no nach b' fhiach leis, a chur ann an Gàidhlig. An déidh làimhe thionndaidh duine eile an leabhar gu Gàidhlig.

SABAID COMANACHAIDH.

Moch air maduinn na Sàbaid dhùisg mi, agus rinn mi deas a dhol do'n eaglais, oir bha Sàcramaid Suipeir an Tighearna ri bhi air a frithealadh, agus bha iarrtas dùrachdach agam air suidhe aig a' bhòrd. “Mar a thogras am fiadh a chum nan sruth uisge mar sin tha m' anam a' togairt a'd' ionnsuidh-sa a Dhe: tha tart air m' anam a chum

an Dé bheò.” Dhùisg mi as mo chadal làn gràidh do Dhia agus mo rùintean air an socruchadh air na nithean ata shuas. Bha m’ anam coltach ri raon a bheannaich an Tighearna. “Fhreagair mo ghràdh agus thubhairt e rium, eirich a bhean mo ghaoil, m’ aon sgiamhach, thig leam: oir feuch tha an geamhradh seachad, tha an t-uisge thairis.”

Annas an eaglais dh’ fhoillsich Criosd e féin do m’ anam ann an dòigh iongantach. O! am bòrd sòghmhor a bha air a dheasachadh dhomhsa annas an fhàsach. Feuch cuir m’ ghràidh, gràdh gun choimeas; Criosd ’ga thoirt féin seachad le uile shochairan a bheatha agus a bhàis. Rinn na dh’ fhiosraich agus na dh’ fhairich mi a leithid de dhrùidheadh air m’ anam ’s gu’n robh mi ionnan ’s a bhì ann an nèamh.

B’e an ceann-teagaisg, “Dh’ òl iad de’n charraig spioradail a lean iad, agus b’i a’ charraig sin Criosd,” agus o’n cheann-teagaisg sin bha an Tighearna Iosa Criosd gu h-urramach air a nochdadh, ’n a lànachd agus ’n a éifeachd. Dh’ òl m’ anam gu saibhir de’n uisge a thàinig a mach as a’ charraig. Shruth sruthanan slàinte agus sòlais ann am pailteas bho Chrìosd, agus fhuair mi fàsgadh do m’ anam ann an sgàile na carraige so. Shuidhich mi mo chreideamh agus mo dhùchas gu sìorruidh air Criosd, a’ deanamh dìmeas air gach bunait eile, agus bha mi cinnteach nach toir ifreann fhéin buaidh a’ m’ aghaidh.

Do bhrìgh gur carraig Dia nach caraich gu bràth tha a shligheannan foirfe agus bidh obair a ghràis ann am anam air a deanamh coimhlionta ’n a àm féin cho cinnteach ri obair a’ chruthachaidh.

Bha mi ’g am shamhlachadh féin ris a’ chich-mhara a tha beò an ceangal ris a’ chreig agus a chrupas i féin ris a’ chreig a chum a dìon an uair a bheanas an ni as faoine rithe, agus nach h-urrainnear a bhuaig gun a dochann. Tha mise gu deimhin mar sin, oir is ann ann an Criosd a tha freumhan mo bheatha, agus as eugmhais-san cha ’n urrainn mi ni air bith a dheanamh, ach cha mhò is urrainn uile ainneart peacaidh agus ifrinn mo splonadh o charraig nan àl, oir tre éifeachd m’ aonaidh ris a’ charraig tha mi a’ seasamh daingean.


Thàinig mi mach as an eaglais air m’ ùrachadh le aran Dhé, a thàinig a nuas o nèamh; a’ moladh ainm Chrìosd air son a mhaithéis. Thug esan buaidh agus thionail mise a’ chreach; chuir esan le deòir, le pian, is fallus, agus bhuaig mise le aoibhneas agus le subhachas. Chaidh buntainn ris-san gu maslach agus chaidh gabhail rium-sa gu h-urramach. Tha am facal fìor gu deimhin, “Tha aon neach a’ cur agus neach eile a’ buain.”

Thaich mi a nis do ionad uaigneach a chum taingealachd agus cliù a thoirt do Dhia a chionn gu’n do thaisbean e dhomh uiread de chaomh-chàirdeas iongantach, agus fhuair mi mo chridhe a’ taomadh a mach ann an ùmhlachd do’n Tighearna. O! gràdh agus ghliocas Dhé a bha a nis air a thaisbeanadh dhomh! Ghabh mi beachd air Dia agus air a ghliocas, ’g a shamhlachadh a’ m’ inntinn féin mar thuathanach mòr a dh’ àiticheas am fonn agus a chuireas sìol an Fhacail annas a’ chridhe, agus mar an ceudna a riaghas an aimsir a bheir an sìol a chum abachaidh, agus bha mi air mo thoirt gu chreidsinn gu’n cuir e a leithid de aimsir ’s a chi a ghliocas neo-chrìochnach ionchuidh a chum foghar tarbhach a ghiùlan de thoradh fìreanachaidh ann am anam.

Shamhlach mi gràs an Spioraid ri iomad seòrsa sìl, agus chunnaic mi an ni a bheireadh tur sgrìos air aon seòrsa sìl gu’n tugadh e fàs is cinneas air seòrsa eile. Shamhlach mi creideamh ris a’ ghràinne chruithneachd a sheasas ri reothadh is sneachd a’ gheamhraidh, agus a tha air a dheanamh na’s fheàrr leis an doinionn, ged a gheibheadh sìol eile am bàs leis an aimsir cheudna. Uime sin tha mi toileach a bhì strìochdta le aimsir air bith a chuireas an Tighearna thugam annas an t-saoghail so.

O Dhé, tha mi ag aidaichadh le nàire gu’n robh mi ’g a do sheòladh-sa mar bu chòir duit obair a dheanamh air m’ anam, ach a nis tha mi ’g am chur féin a’ d’ làmh-an-sa gu buileach, ag iarraidh ort oibreachadh orm mar is aill leat. Tha mi a’ faicinn a leithid de dhoille ann am reusan, a leithid de dhorchadas ann am thuigse, a leithid de aingealtas ann am thoil, ’s nach ’eil earbsa air bith agam annam féin. Dean thusa mo cheuman a stiùradh, agus mo chrannchur a riaghladh. Tha mi a’ creidsinn nach biodh e maith dhomh fios a bhì agam air na nithean a chum thu ann an cleith orm.

Air an t-Sabaid so mheal mi mòran de làthaireachd an Tighearna agus bha mo shùilean air am fosgladh aig a’ chuirm shòluimte. Dh’ fhaodainn da-rìreadh Betel, —tigh Dhé—a ghairm de ’n ionad ud. Air leam gu’m bu mhaith leam còmhnuidh ann uile làithean mo bheatha a chum a bhì ag amharc air maise an Tighearna agus gairdeachas a dheanamh ’n a theampull naomh. Beannaichte gu’n robh ainm an Tighearna air son a mhaithéis. Ach cha ’n fhaodainn fuireach annas an ionad ud daonnan. Tha obair an t-saoghail is dleasdanasan an t-saoghail ’g am ghairm ach is e m’ ùrnuigh ri Dia nach cail mi gu bràth an dearbhadh spioradail a fhuair mi annam fhéin aig bòrd a’ chomanachaidh agus nach cail mi am blas milis a fhuair mi air mo Shlànuigh-ear.






MEMORANDUM

1941

TO : [Illegible]

FROM : [Illegible]

[The remainder of the page contains several paragraphs of extremely faint, illegible text, likely a memorandum or report.]



CO RIS A CHOIMEASAR DIA?

Cha duine Dia. Aireamh, xxiii, 19.

Bha tuathanach àraidh ann aig an robh aon mhac. Bha an tuathanach 'n a dhuine cruaidh saoghalta, gun mheas aige air ealain no grinneas no sgoil. Cha robh ni air an t-saoghal a' ruith 'n a inntinn ach daimh is gamhna is buannachd, agus o'n cheud latha a chaidh a mhac do'n sgoil bha fadachd air gus am faodadh e a fàgail, agus tòiseachadh air obair.

Bha am balach anabarrach maith air tarruing dhealbh. Bha e na b' fheàrr air na dealbhan na bha e air cunntas no leughadh; cha robh sòlas air thalamh a b' fheàrr leis na bhi tarruing dhealbh air a sgliait, ged a choisinn sin dha air uairean an t-slat o'n mhaighstir-sgoil.

Uair a thàinig dealbh-dair ainneil gu tigh an tuathanaich leig a mhàthair fhaicinn da cuid de na dealbhan a tharruing an gille beag, agus iad air an cumail aice gu cùram-ach ann an dràghar far nach fhaiceadh 'ath-air iad. Chuir gleusdachd a' bhalaich agus grinneas a làimhe iongnadh mòr air an duine, is dh' iarr e air bean an tuathanaich cothrom a thoirt do'n ghille. "Mùr bheil mi meallta 'n am bhàrail," ars' esan, "ni am balach ainm dha féin anns an t-saoghal fhathast."

Cha robh maith gu'm faiceadh sùil an tuathanaich na dealbhan a bha a mhac a' tarruing oir bha e an dùil nach robh anna ach faoineas is cosg ùine. Ach ghléidh a mhàthair am facal a thuir an dealbh-dair rithe agus bhiodh i a' beachd-smuaineachadh air a h-uile latha 'n a cridhe. Feasgar sònruichte a rug 'athair air a' bhalach agus e a' tarruing dealbh a mhàthar air paipear, rug e air a' phaipear agus le feirg shrac e 'n a chrìomaga beaga e, agus mhaoidh e le mionnan gu'm breabadh e e na'm beireadh e air a ris a' tarruing dhealbh. An sin chuir e mach e a dh' ionnsuidh an achaidh, a' sgaoileadh innearach, gus an robh a ghàird-eanna cho goirt ri chridhe.

An là a ràinig am balach ceithir bliadhna deug thuir athair ris nach rachadh e do'n sgaoil tuilleadh, agus gu'm feumadh e a dhruim a lùbadh ris an obair. "Fhuair thu do bheatha a chur seachad gu dìomhain-each gu so," ars' esan, "ach a nis bidh agad ri oibreachadh air son do lòin, agus sgur de'n

fhaoineas; thoir dhomh na dealbhan agus na pinn agus na h-innealan eile les am bi thu 'g an deanamh."

Thàinig rachd ann am muineal a' bhalaich agus deòir 'n a shùilean ach dh' éirich e gu h-umhail agus rinn e mar a dh' iarr 'athair air. Gun uiread agus sealltuinn air na paipearan a chuir am balach 'n a làimh—an ulaidh a bu phrìseile a bha aige air an t-saoghal—stob an duine mosach anns an teine iad, agus ann an dà mhionaid bha obair is sòlas a' bhalaich 'n a smùr.

An oidheche sin cha d' thàinig am balach gu shuipeir. Shiubhail a mhàthair shìos is shiubhail i shuas ach cha robh an gille ri fhaotainn. Theab i dol as a ciall ach cha d' thug an tuathanach dhi de chomhfhurt-achd ach so, "Na bi a' cur dragh air bith ort fhéin; ghabh an gàrlach saoihbneas gun reusan, ach cuiridh an t-acras dhachaidh e."

Ach cha d' thàinig e dhachaidh an oidheche ud, no an ath oidheche, no iomadh oidheche 'n a dhéidh. Bha cridhe a mhàthar briste, ach bu mhòtha fearg 'athar no a bhròn.

Oidheche fhuar gheamhraidh, còig mìosan an déidh do'n ghille teicheadh air falbh bhò thigh 'athar, agus an tuathanach agus a bhean 'n an suidhe aig an teine, fosglaidh an dorus gu fàilidh agus faicear am balach 'n a sheasamh air an stairsnich, is eagal is acras is fianh a' bhàis 'n a shùilean.

Leum a mhàthair is chuir i a làmhann m'a amhaich is tharruing i a dh' ionnsuidh a' bhlaiths e, ach cha do rinn 'athair uiread agus stad de'n phìob a bha 'n a bheul. Shuidh e aig taobh an teine a' sealltuinn air a' ghille gu magail agus gu e ag ràdh diog. "O! athair," ars' am balach, mu dheireadh, "nach bruidhinn sibh rium! Tha mi duilich gu'n do theich mi air falbh, ach ni mi rud sam bith 'g ur toileachadh ma bheir sibh maitheanas dhomh."

"Seadh," ars' an tuathanach gu fuar frionasach, "dh' fhalbh thu mar a thogair thu agus thill thu mar a thogair thu, agus a nis tha thu ag iarraidh ormsa gabhail riut mar nach biodh dad ceàrr. Cha 'n 'eil annad-sa ach dìh nan gillean co dhiù, agus tha thu an dùil nach 'eil annam-sa ach an t-amadan bog coltach riut fhéin. O'n a thàinig tu dhachaidh cha chuir mise a mach as an tigh thu, ach," (le mionnan uamhasach) "cuimhnich so, nach téid greim bidh ann ad bheul ach greim a dh' oibricheas tu air a shon gu goirt."

* * * *

Bha aig duine àraidh dithis mhac. Agus thubhairt am fear a b' òige dhiubh r'a athair, Athair thoir dhomhsa a' chuibhrionn a thig orm de d' mhaoin. Agus rinn e orra a bheathachadh.

Agus an déidh beagan làithean chruinnich am mac a b' òige a chuid uile, agus ghabh e a thurus do dhùthaich fada as, agus an sin sgap e a mhaoin, a' caitheadh a bheatha gu struidheasach.

Agus an uair a chaith e a chuid uile, dh' éirich gort ro mhòr anns an dùthaich sin; agus thòisich e air bhì ann an uireasbhuidh. Agus chaidh e agus cheangail e e féin ri aon de mhuinntir na dùthcha sin; agus chuir esan d'a fhearann e a bhìadhadh mhuc. Agus bu mhiann leis a bhì air a shàsachadh leis na plaoisg a bha na mucan ag itheadh; ach cha d' thug duine air bhì dha.

Ach an uair a thàinig e d'a ionnsuidh féin thubhairt e, Cia lion de luchd-tuasadail m' athar aig am bheil aran gu leòir agus r'a sheachnadh, agus mise a' bàsachadh an so leis an acras! Eiridh mi agus theid mi dh' ionnsuidh m' athar, agus their mi ris, Athair pheacaich mi an aghaidh nèimh agus ann ad làthair-sa cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhìom: dean mi mar aon de d' luchd-tuasadail.

Agus dh' éirich e agus thàinig e dh' ionnsuidh 'athar. Ach air dha bhì fathast fad as, chunnaic 'athair e, agus ghabh e truas dheth, agus ruith e, agus thuit e air a mhuineal agus phog e e. Agus thubhairt am mac ris, Athair, pheacaich mi an aghaidh nèimh, agus ann ad làthair-sa; cha 'n airidh mi tuilleadh gu'n goirteadh do mhac-sa dhìom. Ach thubhairt an t-athair r'a sheirbhisich. Thugaibh a mach gu luath an trusgan a's fhearr, agus cuiribh uime e; agus cuiribh fàinne air a làimh, agus brògan air a chasan; agus thugaibh an so an laogh biadhtha, agus marbhaibh e, agus itheamaid agus bitheamaid subhach; oir bha mo mhac so marbh, agus tha e beò a ris; bha e cailte agus fhuaradh e. Agus thòisich iad air bhì subhach.

A nis bha a mhac a bu shine anns an achadh; agus an uair a thàinig e agus a thàrr e fagus do'n tigh, chuala e ceòl agus dannsa. Agus ghairm e d'a ionnsuidh aon de na h-òglaich, agus dh' fhiosraich e cìod bu chiall do na nithe so. Agus thubhairt esan ris; Tha do bhràthair air teachd; agus mharbh t' athair an laogh biadhtha, a chionn gu'n d' fhuair e slàn fallain e.

Ach bha fearg airsan, agus cha b' aill leis dol a steach: agus thàinig 'athair a mach agus ghuidh e air. Ach fhreagair esan agus thubhairt e r'a athair, Feuch, tha mise a' deanamh seirbhis dhìnt an uiread so de bhìadhnachan, agus riamh cha do bhris mi

d' àithne; gidheadh cha d' thug thu riamh meann domh, a chum gu'm bithinn subhach maille ri mo chàirdean. Ach an uair a thàinig do mhac so, a dh' ith suas do bheathachadh maille ri striopaichean, mharbh thu an laogh biadhtha dha. Agus thubhairt esan ris, A mhic, tha thusa a ghnàth maille rium, agus na h-uile nithe a's leamsa is leatsa iad. Ach bu chòir dhuinn a bhì subhach agus aoibhneach; oir bha do bhràthair so marbh, agus tha e beò a ris; agus bha e cailte agus fhuaradh e.

* * * *

Cha 'n fhaca duine Dia riamh, air chor agus nach 'eil e idir furasda a ràdh co ris a choslaichear e. Theaganh gur e an t-ainm as buadhmaire a thugadh riamh do Dhia an t-ainm *An t-Athar neanmaidh*, an t-ainm a thugadh dha le ùghdarras Chrìosd, ach do mhòran dhaoine air thalamh an diugh cha 'n 'eil e 'n a sgeul aoibhneach a chluinntinn gu bheil Dia coltach r'an athraichean. Tha an t-ainm 'n a chnap-starra dhaibh an àite a bhì 'n a sholus 'g an treòrachadh gu Dia. A h-uile bliadhna tha mìltean de chloinn air am breith nach fhaigh gaol no blàths no caidreamh bhò'n aithrichean, nach fhaigh bhuapa ach mionnan is buillean is gortachadh-cridhe. Co ris a shamhlaichear Dia a chum gu'm b'ì an samhladh sin 'n a sgeul mhaith do'n chloinn so? An abrar riu gu bheil Dia coltach r'an athair? Nach e sin an cliù a bu mhiosa a b' urrainn e fhaotainn 'n an cluasan.

O, sibhse athraichean agus a mhàthraichean a leughas an duilleig so, cuimhnichibh gur e 'ur beatha agus 'ur giùlan an measg 'ur teaghlach; 'ur gaol agus 'ur dilseachd, air neo 'ur gòraiche agus 'ur n-olcas, a tha toirt daibh nan smuaintean a tha aca mu Dhia, agus nach e idir na chluinneas iad anns an sgoil Shàbaid no anns an eaglais. An uair a tha duine aig an bheil clann 'n a dhuine aingidh tha 'aingidheachd a' giùlan toraidh ann an cuirp agus ann an inntinnean agus ann an anmannan a chloinne. Cìod am peacadh as uamhasaiche na gu'n tugadh athair air a mhac *gràin a ghabhail air Dia!*

DROCH LAMH-SGRIOBHÀIDH.

Faicibh meud nan litrichean anns an do sgrìobh mi do 'ur n-ionnsuidh le mo làimh féin. Galat. vi. 11.

Ged nach duine beartach mi bheirinn còig notaichean air ainm Phoil 'n a làmh-sgrìobhaidh fhéin. Theaganh gu'm b' fhearr le Pol



fhéin mi a thoirt nan còig notaichean do'n Chomunn a tha feuchainn ris na h-ludhaich ionpachadh, ach cleas an duine do nach b' aithne Gréigis ach a cheannaich Faclair Gréigis a chionn gu'm faca e an leabhar air a thairsinn air tasdan air bara-roth air an t-sràid, agus gu'm bu mhaith leis gun an tàmailt sin a bhì air a deanamh air sgoileir-eachd, cheannaichinn-sa seula Phoil air son an aobhair chudna na'n cluinninn gu robh e a' dol a mach air neo-ni cho suarach ri còig notaichean.

Cha 'n 'eil na diadhairean a' còrdadh mu'n fhacal so a labhair Pol. Tha euid an dùil gur e an seanchas fada a rinn e ri muinntir Ghalatia a bha 'n a inntinn aig an àm, mar gu'n abradh e, Faicibh an litir mhòr fhada a chuir mi thugaibh, seachd duilleagan agus an còrr. So an dòigh anns an do thuig na daoine a dh' eadar-theangaich an seann Bhiobull Gàidhlig am facal, *Tha sibh a' faicinn meud na litreach a sgrìobh mi dhuibh le mo làmh fein*. Ach tha sgoilearan eile am beachd nach e faidead a sheanchais a bha ann an inntinn Phoil idir, ach a dhroch làmh-sgrìobhadh, mar gu'n abradh e (a' gabhail a lethsgoil), Faicibh na litrichean mòra anns an do sgrìobh mi, ach cuimh-nichibh nach 'eil mo léirsinn maith; sin an t-aobhar gu bheil mo sgrìobhadh cho mòr cuagach 's a tha e.

Ann an linn Phoil cha robh iad ach tearc a b' urrainn sgrìobhadh idir. Mar sin bha daoine ann d'am bu cheaird e litrichean dhaoine eile a sgrìobhadh, coltach ris an luchd-lagha an diugh. Bha fichead reusan a' toirt air daoine dol a dh' ionnsuidh nan sgrìobhaichean sin a thuilleadh air nach b' urrainn daibh fein sgrìobhadh; ma bha duine leasg, no ma bha e ann an cabhaig, no ma bha a mheur air a gearradh, no mur bu mhaith leis dragh a chur air fhéin, b' fhasa dha suidhe air cathair agus iarraidh air fear de na sgrìobhaichean sin am peann a ghabhail air a shon. Sin mar a bha litrichean Phoil air an sgrìobhadh, ach a mhàin gu robh e fhéin a' cur 'ainme riu mar bharantais gur ann bhuaith a bha iad. Faodar a bhì cinnteach nach e an leisg a thug air Pol a litrichean a sgrìobhadh anns an dòigh so, ach bha a shùilean dona agus faodaidh nach robh a mheurann cho subailt 'g a bu mhaith leis, oir bha a làmhan air an cruadhachadh le obair. A thuilleadh air sin bha paiper is eraicinn daor aig an àm agus rachadh aig na sgrìobhaichean air fada barrachd a chur air aon duilleig na rachadh aig Pol.

Ged nach h-abair mise air a cheann gur rud peacach e do dhuine a bhì 'n a dhroch sgrìobhadair their mi gur rud e co dhiu as nach urrainn e a bhì uasal, agus rud a bu

chòir dha a leasachadh ma théid aige air, mur bheil a mheurann cam leis an lóinidh no mur bheil aobhar sònruichte eile air a shon. Saoilidh mi gu bheil e am measg nan nithean a thoirmsig Criosd an uair a thubhairt e gur an-aoibhinn do'n duine a chuireas ceap-tuislidh ann an rathad duine eile, no bheir oibheum do'n mhuinntir lag. Mur peacadh a tha ann an droch sgrìobhadh do'n fhear a rinn e, tha e gu tric 'na aobhar peacaidh anns an fhear a bhios a' feuchainn r'a leughadh, 'g a chur air seacharan air rìoghachd nèimh. An uair a gheibh thu litir agus nach h-urrainn duit a dheanamh a mach cò a chuir thugad i, no ciod a tha innte, le olcas an sgrìobhadh, tha i a' cosg t' ùine, agus a' cosg t'fhaighidinn, agus a' cosg do shùilean, agus rud is miosa air fad, is dòcha gu'n tig facail gu stairsneach do bhilean nach bu chòir a bhì air an fuaimneachadh am measg nan naomh.

Is e droch-sgrìobhadh aon de na fàilingean as nach 'eil a' mhòr-chuideachd de dhaoine a' gabhail nàire air bith. Cuiridh e nàire air daoine na facail a sgrìobhas iad a litreachadh gu ceàrr, ach cha chuir e idir nàire orra na facail a sgrìobhadh cho dona 's nach gabh iad leughadh. Cha 'n 'eil mi uile gu léir cinnteach ciod is ciall da so, ach theagamh gur e is ciall da, gu bheil uiread de dhaoine mòra agus de sgoilearan maithe 'n an droch sgrìobhadair-ean. Saoilidh na daoine beaga gu bheil iad a' fàs mòr an uair nach gabh an sgrìobhadh aca leughadh, agus saoilidh iad gu bheil iad ann an cuideachd uasal ann am measg nan sgoilearan.

An là roimhe thug mi suil air leabhar ann am bùth leabhraichean anns an robh ainmean maithean na rìoghachd so uile air an cur sìos 'n an làmh-sgrìobhadh fhéin, agus mur biodh e air innseadh air duilleig eile cò iad eha deanqinn a mach an dara leth dhiubh. C'ar son a thatar a' cur duine do'n sgoil mur h-ionnsaich e 'ainm a sgrìobhadh air chor 's gu'n aithnich daoine eile a sheula? Na 'n robh Pol cho dona air sgrìobhadh ri cuid de mhuinntir na Pàrlamaid, no cho dona ri cuid de Easbuigean na h-eaglais Shasunn-aich, bhiodh an tuilleadh connsachaidh mu na litrichean aige 'g a tha ann cheana. Na'n do sgrìobh e 'ainm air an dòigh anns am biodh an sgoilear agus an diadhair ainmeil Westcott a' sgrìobhadh ainm féin, tha mi làn chinnteach gu'm biodh argumaid aca mu'n ghnothuch ann an Galatia, agus ann an Corint, agus ann an Ephesus; euid ag ràdh gur e ainm Phoil a bha ris an litir is euid eile 'g a leughadh mar ainm Shilais, no mar ainm Lucais, no mar ainm Pheadair.

Na'm faighinn cothrom air droch sgrìobh-

adairean fhaotainn còmhla, agus gu sòn-ruichte daoine nach sgrìobh an ainm ann an dòigh a ghabhas a leughadh, bheirinn dhaibh searmon cruaidh mu olcas an gnìomharan agus dh' innsinn dhaibh ciod a tha feitheamh orra anns an t-saoghal eile mur h-atharraich iad an làmh-sgrìobhaidh. Dh' innsinn dhaibh nach 'eil e uasal dhaibh a bhì cur uiread dragh air daoine eile 's a tha iad a' deanamh, agus dh' abrainn riutha sùil mu'n t-sròin gur e an leithidean-san a tha cur phostachan is phrintearan air seacharan bhò Dia le toibheum, agus a' deanamh Bolsheabbicean de mhuintir a' Phost Office. Agus anns a' chomh-dhunadh bheirinn dhaibh so gu bhì 'g a chagnadh fo am fìaclan, —gu bheil eanchainnean troimh-chéile glé bhitheanta aig daoine aig am bheil droch làmh-sgrìobhaidh. Tha ceò anns an inntinn an uair a tha cion grinneis air an làimh.

Bha mòran de dhaoine ainmeil 'n an droch sgrìobhadairean; Napoleon is Montaigne, is Emerson, is Tomas Carlyle, is Thomas Chalmers. An uair a bha fear de leabhraichean Charlyle 'g a chur an clò ann an Dunéidean b' fheàrr le cuid de'n luchd-obair an àite a thoirt suas seach a bhì a' strì r'a sgrìobhadh a dheanamh a mach. Tha e air a ràdh gu'm biodh màthair Chalmers a' gleidheadh nan litrichean a bhiodh e a' sgrìobhadh thuice as a' Chollaiste gus an tigeadh e dhachaidh anns an earrach agus an leughadh e fhéin dhi iad.

Bha sgrìobhadh an t-seann Diuc Wellington cho furasda a leughadh 's a bha a chaint furasda a tuigsinn. Ach bha e air nairean air a shàrachadh le droch sgrìobhadairean a bhiodh a' cur litrichean thuige. Chuir duine a bha air son craobhan sòn-ruichte air an oighreachd aige fhaicinn litir thuige, ag iarraidh cead air dol 'g am faicinn. Rinn an Diuc a mach an còrr de'n litir ach cha b' urrainn da am facal *craobhan* a dheanamh a mach. Mu dheireadh shaoil e gur e *briogaisean* a bha ann, agus ged a chuir e ionghnadh mòr air c'ar son a bha Easbuig Lunnainn air son a bhriogaisean fhaicinn (sin a rinn e de'n ainm a bha ris an litir), chuir e am fios-freagairt so air ais.

“Bidh mise toilichte bhur faicinn uair air bith a thig sibh a dh' ionnsuidh mo thighe, agus leigidh mo sheirbhiseach fhaicinn dhuibh uiread de mo bhriogaisean 's is maith leibh sealltuinn orra, ach cha 'n urrainn mi a thuigsinn ciod air an t-saoghal a tha toirt oirbh tighinn a dh' fhaicinn mo bhriogaisean-sa.”

Ma chuir litir an Easbuig ionghnadh air an Diuc tha mi cinnteach gu'n do chuir litir an Diuc an tuilleadh ionghnaidh air an

Easbuig, oir cha b' esan a sgrìobh mu na craobhan idir, ged a leugh an Diuc an t-ainm a bha ris an litir mar ainm Easbuig Lunnainn. Feuch, cia mòr an connadh a lasar le teine beag!

Ach ged tha mòran dhaoine 'n an droch sgrìobhadairean thug an t-Americanach, Horace Greeley, bàrr orra air fad. Tha e air a ràdh gur e esan sgrìobhadair a bu mhiosa a bha riamh air an t-saoghal. Chuir boirionnach air chor-eigin pios bàrdachd a dh' ionnsuidh a' phaipear aige an dùil gu'n cuireadh e a' bhàrdachd anns a' phaipear, agus gu'm pàigheadh e i air a shon. Cha robh an rud freagarrach air son a' phaipear, agus sgrìobh e air ais a dh' innseadh sin dhi. Cha b' urrainn i an litir a leughadh, ach chuidich an teaghlach uile leatha fad dà latha, agus mu dheireadh is e a thug iad aisde gu robh an duine a' tairgsinn a pòsadh.

Tha e cho duilich dhuit gnothuch a dheanamh le litir ri duine aig a bheil droch làmh-sgrìobhaidh 's a tha e dhuit seachas a dheanamh ri duine gagach. Ach ged nach h-urraim an duine gagach a ghagaiche a chuideachadh, b' urraim an droch sgrìobhadair sgrìobhadh na b' fheàrr na'n gabhadh e ùine, no na'm biodh meas aige air grinneas, no na'm biodh co-fhaireachduinn aige ris na daoine a dh' fheumas a leughadh. Cha 'n 'eil e an dara cuid modhail no criosdail do dhuine dragh a thoirt do dhaoine eile nach ruigeadh e a leas. An là roimhe fhuair mi litir a bha air a sgrìobhadh air ceithir duilleagan de phaipear mòr farsuing, ach ged a dh' fheuch mi r'a leughadh dh' fhairtlich orm a dheanamh a mach cò a sgrìobh i. An toiseach shaoil mi gur e cuid-eigin a chuir thugam crioman Gàidhlig air son an leabhair dheirg, ach an ath shùil a thug mi oirre, cha b' urrainn mi facal a bha coltach ri facal Gàidhlig fhaotainn innte: an sin choltaich mi an sgrìobhadh ri Arabic, ach an ath mhionaid thuirt mi rium fhéin nach robh ach trìuir uile gu léir d'am luchd-eòlais d'am b'aithne Arabic, agus gu robh an trìuir sin 'n an deagh sgrìobhadairean; an sin thàinig e a steach orm gur e Algebra a bha air na duilleagan, agus cho luath 's a thàinig, chuir mi an litir anns an teine, an aon àite as freagarrache air son Algebra. Ach co dhiu a bha innte Arabic no Algebra no Gàidhlig cha 'n fhaca tu rud riamh a bu choltaiche ri obair figheadair na'n sgrìobhadh ud. Beir thusa, a leughadair, air trì figheadairean; tùm iad ann am botul ink, agus an sin leig mu réir iad air paipear glan; agus ann an dà mhionaid chi thu co ris a bha an litir a fhuair mise coltach.

INDEX

Faint, illegible text, likely an index or list of contents, spanning the majority of the page.



ANNS A CHATHAIR.

Feasgar an dé thàinig coimhearsnach 'g am fhaicinn, coimhearsnach ris an abair sinn, *A' Chailleach-Oidhche*. Thugadh an t-ainm ud air a chionn gu bheil a sheanchas coltach ri guileag na cailleach-oidhche, tùirseach dubhach. Tha na deòir daonnan 'n a ghuth, agus a chridhe làn eagail. Tha mi cinnteach gu'n d' innis e dhomh fichead uair cheana gu bheil ìompaireachd Bhreat-uinn a' dol sìos agus nach fhada gus am bi sinn fo na casan aig Iapan; gu bheil an eaglais Chrìosduidh a' dol sìos cuideachd agus nach fhada gus am bi na Mohammedanaich na's lìonnuhoire na luchd-leamhuinn Chrìosd; gu bheil an dara leth de mhuintir na dùthcha so 'n am Boiseabhaicean agus nach fhada a bhios duine idir ann dileas do Dhia no do'n chrùn. Chuireadh seanchas an duine eagal orm mur b'è gu'n euala mi a leithid roimhe. An uair a shuidheas duine fo chraoibh-aiteil agus a thòisicheas e air fàidheadaireachd a dheanamh cha ruig thu leas deanamh ris ach mar a rinn an t-Urra Mòr agus an t-Urra Glic ri Elisha an là ud a thàinig e 'n a làthair ann an riochd cailleach-oidhche; "thréig clann Israeil do chomhcheangal, thilg iad sìos t' altairean, agus mharbh iad t' fhàidhean leis a' chlàidheamh; agus dh' fhàgadh mise a mhàin." Bha cùisean na b' fheàrr na shaoil Elisha; bha seachd mìle ann an Israel nach do lùb an glùn do Bhaal.

Ach cha b' ann mu'n eaglais na mu'n staid a bha mo choimhearsnach ag innseadh nithe brònach dhomhsa an dé; bha port ùr aige an dé, agus b'è so am port, *gu bheil sluagh na dùthcha 'g am puinnseanachadh fhéin le tea*. Thuirt e nach 'eil na fir cho làidir 's a bha iad, no na boirionnaich cho bòidheach, a chionn gu bheil iad air am puinnseanachadh le tea. Thuirt e rium nach ruigear a leas sealltainn ris na dotairean air son an cunnart innseadh do dhaoine, a chionn gur h-ann bho obair na tea a tha iad a' faotainn dà thrian d'an tighinn-a-steach. Cha 'n 'eil cuimhne agamsa air a' h-uile galair is eucail a dh' innis e dhomh a bhios an tea ag aobharachadh, ach co dhui bha rann mhòr fhada dhiubh aige, agus bha galair nam measg air nach euala mise ionradh riamh roimhe. Ach tha cuimhne agam air an fheadhainn so: droch stamag, losgadh-bràghad, a' ghlas-seile, an crith-ghalar, a' chaitheamh, an galair-cridhe, beul-a-

mhaothain, an làinidh, an greim-mionaich, a' bhuidheach. Thuirt e cuideachd gu bheil an tea ullamh gu lionn-dubh is breòlaid a thoirt air mòran dhaoine, agus gu bheil i a' cur barrachd dhaoine do'n tigh-chuthaich na'n t-uisge-beatha.

Lean e air fad leth-uair an uaireadair a' cur crith air m' fheòil le rudan de'n t-seòrsa sin, ach ged a chail mi mo chainnt agus nach b' urrainn mi mo thaobh fhéin de'n argumaid a chumail suas, cha do chail mi mo thùr gu buileach, oir chuimhnich mi ciod a thuirt an t-aingeal ri Elisha an uair a thòisich e air guileag mar chailleach-oidhche. Bhuail mi an clag is dh' iarr mi air Ceit an tea a chur a steach thugainn, *agus i bhà teth is làidir*.

Tha mise ag òl tea bho chionn dà fhichead bliadhna ach cha d' fhairich mi riamh gu'n do rinn i cron dhomh, agus na'n robh teanga a' bhàird agam, rud nach 'eil, dheanainn laoidh 'g a moladh. Ann an litreachas na Gàidhealtachd gheibhear gu leòir de òrain a' moladh an uisge-bheatha, ach cha do mhol ar bàird an tea. Na rannan a gheibhear mu'n tea, is ann 'g a dimoladh a tha iad.

Fhir a tha cunant a' siubhal nan garbh-chrioch.

Thig agus innis dhomh nis o chionn aimsir, C'ait bheil a' chaileag tha coltach ri sean-mhair,

Tha iad air searg le duilleach na tea.

Cha 'n eil cuimhne agam cò a rinn an t-òran so, ach cò air bith a rinn e, cha robh ann ach a' chailleach-oidhche, oir tha caill-eagan an là diugh fada na's bòidheche na'n seanmhairaichean.

Dh' fhaodadh an Comunn Gàidhealach rudeigin a dheanamh gus a h-àite fhéin a thoirt do'n tea ann an litreachas na Gàidhealtachd na'n tugadh iad aon de na duaisean aig a' Mhòd air son òran 'g a moladh. Na'n robh mi dlùth do m' charaid ann an Cillfhinn, Mghr. Mac Aoidh, chuireamaid ar cinn ri chèile, is theagamh gu'm biodh teine mòr air fhadadh. Ach bha na bàird riamh bàigheil ris an uisge-bheatha, is bhiodh eagal orm nach cuireadh an tea a sheinn iad.

Co a' cheud duine a rinn tea? Sin agad ceist nach h-urraimn mise a fhreagairt, ach na'm b'aithne dhomh ainm an duine dh' òlainn air a shlàinte a' h-uile latha. Tha e glé iongantach nach aithne dhuinn na daoine as motha a tha sinn 'n an comain.

Neo-ar-thaing nach cual an saoghal mu Mharconi, ged tha teagamh agam nach do mheudaich innleachdan Mharconi sonas a' chinneadh-daonna ach glé bheag; chuala sinn cò a' cheud duine a rinn bàta-smùid, is carbad-smùid, is motor car, is innealan eile a tha feumail is goireasach do mhac an duine. Ach cò a' cheud duine a bhleòghain mart no chunnaic gu'n gabhadh bainne faotainn bho chrodh; co a' cheud duine a chuir siol no chunnaic gu'n gabhadh aran deanamb air an dòigh sin; co a' cheud duine a lhas teine riamh. Sin na daoine a b' fhiach urram a thoirt daibh agus cha 'n e Alasdair Uaibhreach no Pharaoh.


Is ann mu'n bhliadhna 1657 a thòisich muinntir Bhreatuinn air tea òl, ach b' aithne dhaibh i ann an China còrr is mìle bliadhna roimhe sin. A réir seann sgeulachd a tha aca ann an China b'e mac rìgh anns na h-Innsean an Ear a fhuair a mach an luibh an toiseach, duine a bhiodh ag innseadh do dhaoine eile gur e an dòigh air a bhi sona feòil is fuil a sheachnadh, agus gun dad itheadh ach luibhean. Ciod a their thu ris a sin, a leughadair? Am bu mhaith leat an dòigh sin fhenchainn? Air mo shon fhéin dheth bhiodh mo reusan air taobh mac an rìgh ach tha mi 'n dùil gu'm biodh mo ghoile 'n a aghaidh. Leis a' chleachadh a bhi ag itheadh uiread feòla is éisg bhiodh e duilich do dhaoine dol air an ais a nis gu luibhean, ach na'n gabhadh e deanamb, biodh e mòran na bu bheusaiche agus na bu chaomhaile.

Bho chionn bhliadhnachan bha mi a' bruidhinn ri boirionnach a bha a' biathadh ceare-ghuir aig an robh naoi no deich de bhigeanan; anns a' bhruidhinn a bha againn thàinig faoileann agus beiridh i air fear de na bigeanan is falbhar leis. Na'n cluinneadh sibhse an càineadh a rinn am boirionnach agus mi fhéin air an fhaoilinn! Thuirt sinn r'a chéile gu'm b' uamhasach an rud a rinn i; nach robh innte ach creut-air mosach an-ìochdmhor,—agus nach b' fheàrr i dad na na daoine dubha a bhios ag itheadh nan soisgeulaichean a chuirear thuca. Ach fad na h-ùine cha robh ann-aunn ach na Pharasaich, a' sioladh na meanbh-chuileig agus a' sluigeadh càmhail, oir an uair a chaidh sinn a steach a ghabhail bidh, ciod a chuir am boirionnach air mo bheulaobh air a' bhòrd ach coileach mòr reamhar, *athair a' bhigein a thug an fhaoilcann leatha!* Ghabh mise mo chuid fhéin de'n choileach, agus dh' ith ise crioman dheth cuideachd, ach cha d' thàinig e fodh-aunn idir nach b' fheàrr sinn dad na'n fhaoileann. Ma sheallas tu air an rud gu cothromach bha sinn na bu mhosaiche agus na b' an-ìochdmhoire na'n fhaoileann, oir rinn sinn ann am fuil fhuar a' cheart ni a

rinn an fhaoileann ann am fuil theth. A thuilleadh air sin bha seòrsa de chàirdeas eadar am boirionnach agus an coileach, no co dhiu, bha eòlas maith aca air a chéile, oir is e a làmh a bheathaich e o na bha e 'na bhigein. Cha robh aice ach *diug diug* a ghlaodhach, agus ruitheadh e 'n a còmhhdail is dheanadh e fiughair rithe, ach latha de na làithean a ruith e 'g a h-ionnsuidh gu toilichte, rug i air is chuir i car 'n a anhaich, is ithear e.

Is e lagh na coille agus lagh na mara, "a' bhéist as motha ag itheadh na béiste is lugha" ach ged nach toigh leinn aideachadh tha an lagh ceudna a' riaghladh beatha chloinn-daoine. Agus rud glé neònach cha 'n 'eil an lagh so, a réir choslais, a' toirt oibheum do reusan no do choguis mhic an duine. Tha ar reusan agus ar coguisan air an teagasg air a leithid de dhòigh 's gu'n toirmisg iad dhuinn nithean sòn-ruichte a dheanamb nach 'eil idir òle no gràneil anna fhéin, ach cha toirmisg iad dhuinn làmhachas-laidir brùideil a dheanamb air creutairean neo-chiontach nach do rinn cron air bith oirnn. Leigidh iad leinn dearmad a dheanamb air tròicair is dilseachd is gràdh is nithean mòr is cudthromach eile ged nach leig iad leinn dearmad a dheanamb air deachamh a thoirt as a' mbionnt, agus as an anise, agus nithean beaga suarach eile. Na'm biodh coinneamh aig cearcan is crodh is caoraich, agus na'n iarradh iad air aon diubh fhéin,—abair air seana choileach glic, a bheachdan air clann-daoine a thoirt do'n òigrìdh, ciod a b' urrainn e a ràdh ach so, "O, a chlann na machrach, na cuiribh 'ur n-earbsa ann am mac an duine oir tha e cho seòlta agus cho fuar ris an nathair. Labhraidh e ruibh le briathran mìne, sìogaidh e agus còdaichidh e sibh mar gu'm biodh gaol aige oirbh, ach an uair nach saoil sibh, tionndaidh e oirbh mar an tìgar, is marbhaibh is ithidh e sibh." Na'm biodh agam ri òraid de'n t-seòrsa sin a fhreagairt cha 'n 'eil fhios agam air an t-saoghal ciod a theirinn. †

Ach tha an t-àm agam tilleadh a dh' ionnsuidh na tea, oir is cinnteach gu bheil i a' fàs fuar, agus ciod a tha ann an tea fhuar ach stiùrag gun bhlas gun loinn. Tea a tha lag, is meògh-bhlàth, is glas anns an dath, thoir an seòrsa sin do phàisdean no dòirt ann am biadh nam muc i, oir cha bhiodh e freagarrach a tairgsinn do dhuine, aig a bheil meas air an luibh bheannaichte. Cha freagair airsan ach tea a tha thet, is làidir, is buidhe le uachdar maith, agus i ann an cupa mòr. Coma leam na meurain bheaga a bhios mi a' faotainn air uairean ann an tighean rionnach; cha 'n 'eil amta ach mealladh is campar spioraid. A thaobh



Faint, illegible text covering the page, possibly bleed-through from the reverse side. The text is arranged in two columns.

tea, cho mbaith ri rudan eile, is ceart gu'm biodh deagh thomhas air a thoirt seachad.

Tha mi an duil gur e an t-Ollamh Mac Iain drongair tea a bu mhò a bha riamh air an t-saoghal. Cha toigh leam an facal drongair, oir cha 'n 'eil e bòidheach, ach tuigidh tu ciod a tha mi a' ciallachadh leis. Cha robh e 'n a phòitear fiona; fad fichead bliadhna sheachain e fion is uisge-beatha, agus cha bheanadh e do dheòch eadhon aig buird nan tighearnan Gàidhealach far an robh uisge-beatha cho pailt ris a' bhùrn. Ach ciod air bith uair de'n latha a rachadh tu 'g a fhaicinn bhiodh a' phoit tea ri taobh an tèine. Bha an coire aige daonnan air ghoil, air a' mheadhon-oidhche is tràth anns a' mhaduinn.

An uair a bha e ann an Caisteal Dhun-bheagain dh' òl e seachd cupaichean deug aig aon suidhe; uair eile dh' òl e còig air fhichead, ach dh' òl e an uiread sin a chur fearg air boirionnach sònruichte a dh' iarr gu tea e, cha 'n ann air ghaol a chuideachd, ach air ghaol a leigeil fhaicinn do dhaoine gu'm b' aithne dhi an t-Ollamh Mòr. Ach ged a dh' òladh an t-Ollamh Mòr deich eupaichean fichead tea bhiodh àite aige do fhear eile na'n cothaichteachd air e.

Gus mo charaid a' Chailleach-oidhche a chur air 'uilinn smuainich mi gu'n abrainn ris gu bheil an tea maith air daoine a chur gu seachas, agus gur e meud 's na bhiodh e ag òl dhith a rinn an t-Ollamh Mac Iain cho maith ann an argumaid 's nach d' fhuair duine riamh a' chuid a b' fheàrr d'fheh. Ach chuir e a' ghlas-ghuib orm anns a' mhionaid, "An t-Ollamh Mac Iain," ars' esan, "ciod e a bha anns an Ollamh Mac Iain nach duine a bha làn de'n lionn-dubh, agus a bha uile làithean a bheatha air stairsneach an tigh-chuthaich. Agus crìochnaichidh tusa do làithean fhéin ann mur guir tu dhith."

An uair a bhuaileas duine farachan air duine eile anns a' cheann mar a bhuaileas mo charaid ormsa tha an t-àm aca an seachas atharrachadh, air neo dealachadh, agus sin a rinn mise, dh' athairich mi an seachas; ach ged nach d' thubhairt mi ris-san e faodaidh mi a ràdh ris na daoine caomh a bhios a' leughadh na duilleig so, gu bheil mise an dòchas an Ni-maith nach crìochnaich mi mo làithean ann an lionn-dubh, no ann an tigh-cuthaich, ach ann am bothan beag grunn air an do leag mi mo shùil cheana, an coimneamh an là anns an abair an eaglais rium gu bheil mi air fàs *Aosda agus Anfhann*, agus gur fheàrr dhomh m' fhalluinn a thilgeil air guaillean as òige. Ach ma'n tig an là sin tha mi an dòchas gu'm bi an tea eadhon na's saoire na tha i an diugh, ged nach h-ann a' gearan a tha

mi, oir cha'n 'eil rùn 'n am chridhe air sgur dhi. An luibh bheannaichte! cò a chuireadh sìos oirre ach duine a tha a chridhe fhéin làn puinnsein agus a cheann làn sheilleanan.

POL AGUS ONESIMUS.

Onesimus a bha roimhe so neo-tharbhach dhuit-sa, ach a nis a tha tarbhach dhuit-sa agus dhomhsa. (Litir Phoib gu Philemon).

Is iomadh duine dona a thàinig trasd air Pol, uair no uaireigin 'n a bheatha, ach cha d' amais duine riamh air a bu mhiosa cliù na Onesimus, an uair a bha e air faon-dradh anns an Ròimh an déidh na meirle a rinn e ann an Colosse. Bha daoine a' sealltuinn sìos air na tràillean na bu mhotha na bha iad a' sealltuinn sìos air na eis-mhaoir, agus cha robh ann an Onesimus ach an dubh-thràill ann an tigh a mhaighstir. Ach do bhrìgh gu robh iomhaigh Dhé air a' cur air na tràillean mar a bha i air a cur air daoine eile bha cuid dhiubh a ghabh ris an t-soisgeul, agus a bha air an liubhairt bho thràillealachd a bu mhiosa na geimhlean na feòla gu saorsa ghlòrmhor cloinne Dhé. "Roghnaich Dia nithean amaideach an t-saoghail, a chum gu'n cuireadh e gu nàire na daoine glìce; agus roghnaich Dia nithean amhann an t-saoghail, a chum gu'n cuireadh e gu nàire na nithean neartmhor; agus nithe suarach an t-saoghail, agus nithe dìmeasach, roghnaich Dia, a chum gu'n cuireadh e na nithean a tha ann an neobhrìgh, a chum nach deanadh feòil air bith uail am fianuis Dhé."

Ach gus an naigheachd innseadh gu ceart feumaidh mi toiseachadh aig an toiseach. Ann am baile Cholosse bha teaghlach còir air an biodh Pol a' tadhall air a thurus an soisgeulach, agus a' cur seachad na h-oidhche maille riu. B'e Philemon ceann an teaghlach; Apphia ainm a mhnatha, agus Archippus ainm a mhic. Bha muinntir an tìghe ud uile 'n an luchd-aideachaidh, is eudmhor air taobh an Tighearna, agus is ann anns an tigh aca a bhiodh na Crìosduidhean ann an Colosse glé bhitheanta a' cruinneachadh.

Bha Philemon gu maith air a dhòigh, co dhìu maith gu leòir air a dhòigh 's gu robh tràillean aige. B'e Onesimus fear dhiubh sin, agus theagamh gu robh Pol eòlach air aodann an duine fhaicinn an uair a bhiodh e a' fuireach còmhla ri Philemon. Ach cha robh anns an tràill ach an tràill fhéin: latha de na làithean ghòid Onesimus airgid ò ciste a bha anns an t-seòmar aig Philemon, is thug e as a chasan. Theich e do'n Ròimh, an duil nach beirteadh air an sin co dhìu.

Cò a bha anns an Roimh aig an àm ach Pol, a' togail fianuis air taobh Chrìosd agus fireantachd an t-soisgeil. Co dhiu a thach-air iad air a chèile le tuiteamas, no bhuail a choguis air Onesimus agus a rinn e fhaos-aid ri Pol as a cheann fhéin, cha 'n urrainn-ear a ràdh, ach ciod air bith an dòigh anns an d' oibrich freasdal an Tighearna choinn-ich iad anns an Roimh, agus bha seachas eatorra nach cuala cluas eile. Agus is e a thàinig as an t-seachas sin gu robh Onesimus air iompachadh.

Ach bha fhios aig Pol glé mhaith nach robh ann an Onesimus ach boganach is gaotharan; bha fhios aige nach biodh e furasda dha a bhi dìleas do Chrìosd am measg buairidhean lionmhor a' bhaile mhòir, agus mar sin chuir e roimhe gu'm feumadh e am baile fhàgail. Ach e' àite an rachadh e? Thuirt e ri Pol nach leigeadh a nàire leis a ghnùis a nochdadh ann an Colosse, no dol air beulaobh Philemon an déidh rud cho leibideach a dheanamh air. "Na biodh eagal air bith ort," arsa' Pol ris, "tha gràdh an t-soisgeil ann an cridhe Philemon; sgrìobh-aidh mi fhéin litir thuige a dh' iarradh air gabhail riut air mo sgàth fhéin agus chì thu gu'n dean e do bheatha an uair a ruig-eas tu."

Sin mar a bha; sgrìobh Pol an litir bheag bhòidheach ud gu Philemon a gheibhear am measg nan litrichean eile aige anns an Tiomnadh Nuadh. Cha 'n 'eil iomradh innte air puingeann creidimh, no air nith-eau dìomhair is domhain; cha 'n 'eil innte ach sgrìob bheag de'n pheann a chuir aon duine maith gu duine maith eile a b' aithne dha, ag iarraidh air fàbhar sònruchte a dheanamh ris. B'e am fàbhar a dh' iarr Pol air Philemon, gun e bhi coimheach ris an tràill a rinn an cron air, ach gabhail ris gu caoimhneil, a chionn nach b'e an duine a bha ann aon uair a bha ann idir a nis; "duine a bha roimhe so neo-tharbhach dhuit-sa, ach a nis a tha tarbhach dhuit-sa agus dhomhsa."

Tha e cinnteach gu'n do chuir Philemon fios-freagairt air ais gu Pol, ach ma chuir, cha 'n 'eil an litir sin air faotainn an diugh. Is rud mìorbhuileach e gu bheil litir Phoil fhéin air faotainn agus gu bheil i an diugh air a gleidheadh am measg leabhraichean ris an abrar *Facal an Tighearna*. Cha robh smuain ann an cridhe Phoil gu'n tachradh sin, agus na'n robh e air innseadh dha, tha mi cinnteach gu'n cuireadh e iongnadh air. Shaoileadh e nach deanadh Philemon ris an litir ach a tilgeil anns an teine an uair a leughadh e i, ach ghléidh Philemon an litir gu cùramach, agus mòran bhliadhnan an déidh bàs Phoil, an uair a dh' fhàs daoine cho measail air 's nach dùiragheadh iad aon

lìde de na labhair no sgrìobh e a leigeil air dìchuimhne, bha an litir bheag ghrinn so air a toirt am follais, agus air a cur a mach am measg nan sgrìobturann eile. Ann an aon seadh faodar *Facal an Tighearna* a ràdh rithe, ach ann an seadh eile, cha 'n 'eil innte ach facal Phoil, facal nach biodh idir air a sgrìobhadh na'n robh Philemon cho dlùth dha 's gu'm faodadh e bruidhinn ris, agus am fàbhar ud iarraidh air gu pearsonfa. Ged tha an litir so sean tha i ùr cuideachd, cho ùr 's gu bheil ficheadan d'a seòrsa air an sgrìobhadh a h-uile seachduinn. Ach tha i a' cur soluis air beatha na h-eaglais ann an linn nan abstol agus a' nochdadh dhuinn spiorad an Tighearna agus an gliocas ata o shuas ag oibreachadh ann an inntinn an duine a sgrìobh i.

Cha 'n 'eil mi a' dol a ràdh an còrr mu'n litir, no a' dol a leudachadh oirre, facal an déidh facail, is rann an déidh rainn; tha i furasda gu leòir a tuigsinn, agus gabhaidh i leughadh ann an trì mionaidean, ach bu mhaith leam rud no dha innseadh mu Onesimus nach fhaighear anns an Tiomnadh Nuadh. Bha e 'n a dhuine seachasail; bhiodh e daonnan ag innseadh do na deis-ciobuil eile mu Phol, oir bha Pol mar dhia dha, agus bha sin air a chumail air chuimhne ann am beul-aithris na h-eaglais.

Bha Philemon cho mhaith 's a bha fhios aig Pol a bhith eadh e, oir cha 'n e mhain gu'n do rinn e beatha Onesimuis an uair a chaidh e air ais ach ghabh e ris, cha 'n ann mar sheirbhiseach ach mar bhràthair gràdhach, agus thairg e a shaorsa a thoirt da. A thuilleadh air sin chuir e cumhachan air na bràithrean eile anns an eaglais iad a bhi càirdeil ris agus a dheanamh furasda dha a cheann a thogail an measg dhaoine. An ceann greis thug iad dha cothrom air fianuis a thogail anns an tigh-aoraidh air na rinn Dia air a shon, agus uidh ar n-uidh thòisich e air searmonachadh. Ach a thaobh 's gu'n robh e gun sgoil, agus gu'n do thòisich deasbud anns an eaglais mu phearsa Chrìosd, b' éiginn da stad.

An uair a chual e gu robh Pol air a ghlacadh is air a chur am prìosan anns an Roimh, agus gu'n robh e coltach gu'm biodh e air a chur gu bàs, chuir e roimhe dol 'g a fhaicinn. Bha an t-astar fada agus na h-amannan cunnartach, oir bha geur-leannhuinn uamhasach air éirigh an aghaidh nan Crìosduidhean air feadh Ìompaireachd na Roimhe, ach ged bhiodh an t-astar na b' fhaide agus na cunnartan na bu mhotha cha chumadh sin Onesimus gun oidhirp a dheanamh gus Pol fhaicinn, oir a mach o'n t-Slànuighear a thug maitheanas dha cha robh neach eile ann d'an robh uiread gaoil aige 's a bha aige air Pol.



The first part of the document
 discusses the general principles
 of the proposed system
 and its application to
 the various branches of
 the service. It is
 intended to provide a
 clear and concise
 statement of the
 policy to be followed
 in the future.

The second part of the document
 contains a detailed
 description of the
 proposed system
 and its application to
 the various branches of
 the service. It is
 intended to provide a
 clear and concise
 statement of the
 policy to be followed
 in the future.

Faint, illegible text, possibly bleed-through from the reverse side of the page.



ANNS A' CHATHAIR.

Bho chionn dà sheachduinn tha sruth nan daoine air tionndadh gu tuath; a h-uile latha tha cho mhaith ri dà cheud carbad a' dol seachad air mo dhorus, agus iad uile làn de dhaoine a tha a' teicheadh as a' bhaile mhòr, ag iarraidh iocshlaint d'an cuirp agus d'an cridheachan air an dùthaich. M'an stad iad, ruigidh cuid dhiubh a nochd fhathast garbh-chrìochan Rois is Chataibh. Tha iad uile an tòir air sòlas air chor-eigin, ach saoilidh mi gur h-e an sòlas as motha a tha feitheamh orra an fhòis a gheibh an chluasan, agus an t-sàmhchair bheannaichte a gheibh iad air na monaidhean am measg nam beann.

Bhiodh am baile mòr maith gu leòir mur bitheadh a' ghleadhraich uambasach a tha ann; gleadhraich a bheir bhuaite do chiall is do chadal. Am measg nam mìltean fuaim a chluinneas mi air na sràidean gach uair a bheir mi sgrìob do Ghlaschu no do Dhunéid-eann cha 'n 'eil ach aon fhuaim a tha caomh 'n am chluasan, chluig nan eaglaisean a' bualadh air là na Sàbaid.

Sin fuaim cho bòidheach 's a chluinnear air thalamb, co dhìu a tha thu air an dùthaich no anns a' bhaile. Ann an gliocas an Tighearna chunnaic e iomchuidh corp mhic an duine a dhealb air a leithid de dhòigh 's gu bheile uile bhuanhan a' chuirp, cluas, is sùil, is sron, a' tabhairt sòlais dha. Bhiodh e Juilich a ràdh cò dhiubh sin a tha toirt duinn am barrachd toilinntinn, ach ged is e sealladh nan sùl an rud mu dheireadh a bu mhaith leam a chall, cha 'n 'eil latha de mo bheatha nach 'eil mi taingeil do Dhia air son nan sòlasan air a bheil mi a' ruighinn le mo chluais.

Ann an sàmhchair na dùthcha tha fuaim-ean sònruichte ann a tha caomh do anam duine, guthan bàigheil a thogas suas do chridhe an uair a tha do chridhe fo leòn; dranndan sheilleanan anns na craobhan leamhain no anns na crainn théile; séideadh anail gaoth na h-oidhebe anns an luachair; crònanaich nam meanbh-bhiasadagan anns an fheur; tormian nan eas agus nan allt; sin na h-òrain agus na h-òrgain de nach fhàsar sgìth. Ged nach bu mhaith leam a ràdh, air mo ghonadh dubh, gu bheil guth binn an ceann an ròcais is bàigheil agus is aobh-neach guth an ròcais air maduinn earraich agus is e a' tòiseachadh air neadachadh; ach fada fada na's bàigheile agus mòran na's binne tha guth a' ghille-Bhrìde, oir bha mi eòlach air-san 'n am òige, agus a h-uile

bliadhna a thig e anns a' Mhart tha e a' toirt thugam fios agus beannachd mo dhaoine as na h-eileinean. Cha do theòigh mo chridhe riamh ri *coc-coc-coc* nan coileach-fraoich; ach far am bi an coileach-fraoich bidh an fheadag, agus guileag eile as mìlse agus as brònaiche na guileag na feadaig cha chualas riamh air monadh no machair. Bidh mi air uairean a' saòilsinn nach 'eil coimeas eile ann do dhùrdan a' chalumain anns a' choille-bheithe ach na plàsdan sin a bhios na dotairean a' cur air feòil dhaoine an uair a bhios am feòil a lionnachadh. Ged bhiodh tu fo phràmh, agus do chridhe trom, tuitidh *coo-roo* ìosal a' chalumain air do chridhe mar gu'm biodh plàsd o làimh an Lighiche ata shuas, no mar gu'm biodh an t-uisge no an drùchd air fearann tioram.

Ach ged is toigh leam éisdeachd ri gaoth is uillt, ri feadagan is calumain, is fheàrr leam fuaim a' chluig air là na Sabaid na iad uile. Sin an fhuaim de nach fàs mi sgìth gu bràth; guth a tha labhairt nithean dìomhair ri m' anam a h-uile uair a chluinneas mi e. Cha mhòr mhinistearan air nach bì fàitcheas an uair a dh' éireas iad a labhairt air beulaobh sluaigh; bidh crith 'n an guth agus 'n an glùinean. Dh' fhairich mise an t-eagal-cridhe siu mar a dh' fhairich daoine eile, ach is e an leigheas as fheàrr a fhuair mi riamh air a shon, éisdeachd ris a' chlag an uair a thòiseas e air bualadh. Tha cuimhne agam air amannan anns an robh mo chridhe a ploscartaich agus mi dol suas gu tigh an Tighearna, an impis leum as a cho-chull, air chor agus gu'm bu mhaith leam teicheadh, ach a cheart cho luath 's a thòiseich an clag agus a chuala mo chluas an fhuaim bhàigheil, dh' fhalbh an t-eagal agus a chrith, is chaidh mi an ceann na seirbhis le cridhe foistinneach.

Theagamh gu'n saoil cuid de na leughas an duileag so nach robh gnothuch air bith aig a' chlag ris an t-saorsa cridhe is inntinn a fhuair mise, agus gur h-ann o mhac-meamna na h-inntinn agam fhéin a thàinig iad. Ach ciod a tha ann am mac-meamna na h-inntinn ach aon de na buadhan a thug Dia do'n duine a chum gu'm biodh e comasach dha na feartan leis a bheil Dia 'g a chuartachadh fhair-eachduinn, agus guth Dhé a chluinntinn anna. Cha 'n 'eil Dia air a chumhannachadh ri meadhonan sònruichte ann a bhi labhairt ri cridheachan dhaoine; tha fichead is ceud is mìle teachdaire aige leis a bheil e a' labhairt ri clann nan daoine; cùrsa a fhreas-dail, oibrichean a' chruthachaidh, grian is

gealach is reultan, gaoth is ceò is sneachd; —tha iad uile 'nan teachdairean agus 'n an seirbhisich dha, a' deanadh 'iarrtuais agus a' coimhlionadh a thoile. Agus e'ar son nach labhradh e ri cridhe duine le fuaim a' chluig! Nach 'eil e a cheart cho coltach gu'n labhradh Dia ri duine le clag a thighe féin 's gu'n do labhair e ri Daibhidh le fuaim-siubhail ann am mullach chraobh nan smeur!

Tha clag na h-eaglais a' labhairt riumsa ged nach bithinn a' dol do'n chùbaid idir. Tha e rud beag annasach r'a ràdh, ach is e a' chuid as fheàrr leam de'n t-seirbhis glé bhitheanta, na còig mionaidean m' an tòisich i. Is toigh leam, an uair annamh a gheibh mi cothrom air dol do'n eaglais gun mi fhéin a bhi a' searmonachadh, is toigh leam dol a steach tràth; an uair a thòisicheas an clag air bualadh tha mo chridhe air a thoirt fo chumhachd an t-saoghail neo-fhaicsinnich ann an dòigh nach bitheadh e air a thoirt ann, ma dh' fhaoidte, le guth duine. Cha do ghabh mi riamh fadachd gus an sguireadh an clag; is ann a bha e daonnan a' sgar ro luath, oir tha e a' labhairt sìth is sòlas ri mo chridhe.

Do mhòran dhaoine cha 'n 'eil an clag ag ràdh dad ach ag innseadh na h-uaire; gu bheil ant-àm aig an eaglais dol a steach. Ach do dhaoine eile tha e a' deanamh tuilleadh is sin; tha e a' cur sòluimteachd air an smuaintean agus air am faireachduinnean; 'g an deasachadh air son seirbhis an Dé naoimh a dh'ionnsuidh a bheil e 'g an gairm. An uair a bha mi ann an sgrèachd Urchadainn bha clag na h-eaglais air a bhualadh a h-uile Sàbaid aig ochd uairean 's a' mhaduinn, agus theagamh gu bheil an cleachdadh maith sin (oir is e cleachdadh maith a bha ann) air a chumail suas fhathast ann an sgrèachdan eile. Bha bualadh a' chluig a' toirt na h-uaire ceart do na h-uile teaghlach a bha mar astar dà mhìle do'n eaglais; agus bhithinn a' cluinntinn gur e sin an t-aobhar gu robh e air a bhualadh idir, a dh' innseadh dhaibh gu robh an t-àm aca an chùisean saoghalta a leigeil seachad agus deanamh deas gu dol suas do thigh an Tighearna. Ach air leam gu robh feum eile ann a thuilleadh air sin; bha e a' naomhachadh na Sàbaid do na daoine a bha cleachdte r'a chluinntinn o'n òige, agus a' ceangal an cridheachan ri nithean naomh is maiseach; bha e a' toirt cuiridh dhaibh dol suas le h-aobhneas do thigh an Tighearna ann an cuideachd a shluaigh.

Tha cluig nan eaglaisean mar tha guthan dhaoine, maith is dona; cuid dhiubh anns a' bheil ceòl is cuid dhiubh nach fheàrr na seann tromb bhrìste no na cionbal a ni gleangarsaich. Is ann de'n t-seòrsa so a tha an clag a tha againn ann am Blàr; a

thaobh ciùil no binneis bha cho mhaith dhuit a bhi bualadh maide-buntata air seana phoit, ach air a shon sin tha a ghuth cruaidh critheannach, caomh 'n am chluasan fhéin, agus cha 'n 'eil uair a chluinneas mi e nach dùisg e smuaintean 'n am inntinn is fair-eachduinnean 'n am chridhe nach bu mhaith leam a chall air son an t-saoghail.

Ged nach h-abair mi gu bheil e cho dona droch chlag a bhi anns an tùr ri droch shearmonaiche a bhi anns a' chùbaid, bu mhaith leam clag ceart fhaicinn aig a h-uile eaglais anns an dùthaich, agus an clag a bhi air a bhualadh air làithean na seachduinn cho mhaith ri là na Sàbaid. An diugh cha 'n 'eil air fhàgail ach glé bheag de chomharran follaiseach gur dùthaich Chrìosduidh a tha ann an Albainn; glé bheag de fhianuisean air na nithean ata neo-fhaicsinneach agus sìorruidh; tha sàmhchair na Sàbaid air a call oir tha na rathaidean mòra cho trang air an t-Sàbaid a nis 's a tha iad Di-luain; tha aoradh-teaghlach air a leigeil seachad leis a' mhòr-chuideachd, agus eadhon altachadh roimh bhìadh—an fhianuis mu dheireadh a gheibhear ann an teaghlachean nach ana-creidmhic iad—, tha sin fhéin an diugh air dol as an fhasan, air chor agus gu bheil e comasach do dhaoine luighe agus éiridh o mhoch Di-luain gu anmoch Di-sathuirne gun aon chleachdadh cràbhach fhaicinn no aon ghuth a chluinntinn a chuireas 'n an cuimhne gu bheil Dia air nèamh no gu bheil saoghal eile ann. Theagamh nach biodh anns a' chlag ach guth a' glaodhach anns an fhàsach, ged bhiodh e air a bhualadh, ach co dhiu cha ruigeadh e le daoine na nithean anns an do thogadh iad a dhichuimhneachadh gu buileach.

Ach ged nach biodh ann do dhaoine eile ach fuaim nach dùisgeadh barrachd ionndrainn na'n cridhe na dùdach bata no fideag oillteil nan càraichean, labhradh e ri fìor shluagh an Tighearna, na daoine a bhios ag ùrnuigh, agus a' togail suas an cridheachan ri Dia fichead uair 's an latha. Agus sin na daoine a thao cumail beò na diadhaidheachd anns an t-saoghal.

Ciod a' chrìoch a bhios aig a' chabhaig uamhasach a tha air tighinn air daoine an diugh mar ghalair? Aig Ni-maith a tha bràth, ach bidh e air uairean a' tighinn a steach orm nach bi an ùine fada gus an tuit saoghal-nan-càraichean as a sheasamh le cion analach, agus an sin thig an latha a chunn-aic Pol fada air falbh, an là anns an toir na naoimh breith. Agus an uair a chuirear na naoimh air cathair-breitheanais, sealbaichidh na daoine macanta an talamh mar oighreachd. Tha an talamh an diugh, agus gu sònruichte na rathaidean mòra, aig luchd nan càraichean dhaibh féin, air chor agus



The first part of the document discusses the importance of maintaining accurate records of all transactions. It emphasizes that every entry should be supported by a valid receipt or invoice. The text also mentions the need for regular audits to ensure the integrity of the financial data. Furthermore, it highlights the role of the accounting department in providing timely and reliable information to management for decision-making purposes.

The second section focuses on the internal control system. It describes various measures implemented to prevent fraud and errors, such as the separation of duties and the use of standardized procedures. The document also notes the importance of employee training and the establishment of a strong ethical culture within the organization.

The final part of the document addresses the reporting requirements. It details the format and content of the financial statements, including the balance sheet, income statement, and cash flow statement. It also discusses the process of reviewing and approving these reports before they are presented to the board of directors and other stakeholders.

The document also covers the external reporting obligations of the company. It mentions the need to comply with the relevant accounting standards and regulations. Additionally, it discusses the importance of transparency and the timely disclosure of material information to the public. The text also touches upon the role of external auditors in providing an independent opinion on the financial statements.

In conclusion, the document stresses the significance of a robust financial reporting system for the long-term success of the organization. It calls for a commitment to accuracy, integrity, and transparency in all financial reporting activities. The document also provides a framework for the implementation and maintenance of such a system.

nach 'eil a bhi beò aig daoine ciallach leis an fheàrr suim a thoirt do chlag na foise na do fhìdeag na cabhaig, ach ged nach 'eil dòchas air bith agam-sa gu'm faic mi an latha anns am bi iarunn is prais nan càraichean air an leughadh gus cluig a dheanamh do na h-eaglaisean, thig an là sin gun teagamh, agus an sin bidh *Teàruinteachd do'n t-sluagh* air a sgrìobhadh air na rathaidean, agus *Naomhachd do'n Tighearna* air ballachan nan eaglaisean.

CRIOSD AGUS NA LEANABAN.

Agus thug iad leanaban d'a ionnsuidh, a chum gu'm beanadh e riu; agus chronaich na deisciobuil iad. Ach an uair a chunnaic Iosa sin, bha e ro dhiombach, agus thubhairt e riu, Leigibh do na leanaban teachd am ionnsuidh; na bacaibh iad; oir is ann de 'n leithdean sin a tha rìoghachd Dhé. Marc x. 13-14.

Na 'n cuirinn a' cheist air luchd-leughaidh na duilleig so, Cò a thug na leanaban gu Iosa, tha mi làn chinnteach gu'n abradh a' mhòr-chuideachd dhiubh, Thug, am màthraichean. Cha chuala mi duine riamh ag ràdh gu robh làmh aig an aithrichean ann, oir cha 'n 'eil sinn cleachdte anns an dùthaich so ri bhì faicinn aithrichean na cloinne a' gabhail suim 'n an teagasg. Ach ma leughas tu an naigheachd so gu cùramach, mar a tha na trì soisgeulaichean 'g a h-innseadh dhuinn anns an Tiomnadh Nuadh, chì thu gu bheil iad uile ag uisneachadh fhacal (tha so na's soilleire anns a' Ghràigis na tha e anns a' Bhibull Ghàidhlig) a tha a' leigeil fhaicinn gu robh aithrichean cho mhaith ri màthraichean am measg na feadhach a thug na leanaban gu Iosa.

Anns an t-Seann Tiomnadh bha e air àithneadh gu sònruichte do na h-aithrichean an clann a theagasg ann an eòlas an Lagha, ach tha e coltach gu'm biodh aithrichean Iudhach a' deanamh mar a bhios aithrichean Crìosduidh a' deanamh, a' fàgail an dleasdànais sin aig na màthraichean. Bidh e air uairean a' tighinn a steach air m' imtinn gu bheil an t-àm aig an eaglais atharrachadh a dheanamh air seirbhis a' Bhaistidh agus leigeil le màthraichean na cloinne na bòidean a gabhail orra fhéin. Anns an eaglais Shasunnaich cha 'n 'eil àite no seasamh idir air a thoirt do mhàthair an leinibh; tha na bòidean air an cur air oideachan is daoine nach buin do'n leanabh; daoine, ma dh'fhaoidte, a tha coma co dhù a bhios e air a thogail ann an eòlas a' Bhibuill no ann

an eòlas a' Chòrain. Anns an t-seirbhis Bhaistidh againn fhéin cha 'n 'eil màthair an leinibh air a cumail air chùl nam bòrd cho buileach 's a tha i anns an eaglais Shasunnaich, ach air a shon sin, cha 'n 'eil an t-àite aice a bu chòir a bhì aice. Ged is e athair an leinibh a bhios 'g a chumail ri baisteadh, agus a' gabhail nam bòidean air fhéin, tha fhios aige 'n a chridhe, agus tha fhios aig a' mhinisteir, agus aig a' choimh thional uile, nach biodh na bòidean idir air an cumail mur b'è gu bheil coguis as fheàrr aig a mhnaoi na tha tige-san.

Tha e duilich a ràdh e' ar son a bha na deisciobuil cho crosda ris na pàrantan an uair a thug iad an clann gu Iosa. Their cuid gu'n robh fhios aca gu'n robh Iosa sgith, agus nach robh iad air son dragh a chur air. Faodaidh e bhith gu'm b'è sin an t-aobhar, ach faodaidh e bhith cuideachd nach ann air comhfhurtachd Iosa a bha iad a' smuaineachadh idir ach air an Solas fhéin, agus gu'n robh iad air am farranachadh a chionn gu'n deachaidh stad a chur air an t-seanachas a bha Iosa a' deanamh riu m'an d' thàinig a' chlànn. Bha e a' bruidhinn riu mu phòsadh, agus theagamh gu'n robh an seanachas sin a' còrdadh riu cho maith 's nach dùraichdeadh iad facal d'heath a chall, agus gu'n robh iad air an cur thuige 'n an nàdur an uair a chuir a' chlànn stad air. Ach ma bha fearg orra-san cha robh fearg air an t-Slànuighear chaomh féin; "leigibh leis na leanaban," ars' esan, "teachd am ionnsuidh, agus na bacaibh iad." B' esan caraid nam pàisdean bho thùs, agus bha gaol aig na pàisdean air, agus chunnaic iad ann rud nach fhaca riamh na daoine a bha 'g an cunntas féin glie is Eaguaidh.

An uair a bha Crìosd air thalamh bha a naimhdean na bu liomhoire na chàirdean; ma bha teangaidhean 'g a bheannachadh bha teangaidhean eile 'g a mballachadh; ach am measg naimhdean is luchd-mallachaidh an t-Slànuighir ann an làithean fheòla cha robh aon bhoirionnach, agus cha mhò a tha iomradh air gu 'n do rinn clann magadh air mar a bhiodh iad a' deanamh, air uairean, air fàidhean is daoine naomh. Is ann a bhiodh iad a' buaidh am basan le gairdeachas r'a theachd.

Ann an sùilean dhaoine tha na nithean a chunntas Dia mòr air an cunntas beag, agus na nithean a chunntas esan beag air an cunntas mòr. Cò am fear-sgrìobhaidh, ag innseadh eachdraidh nan amannan ud, a mbeasadh gu'm b' fhiach dha iomradh a dheanamh 'n a leabhar air an rud a thachair an là ud an uair a thugadh cuideachd bheag de chloinn an làthair Iosa? Rud beag suarach nach b' airidh a bhì air a chur sìos air an aon duilleig ri euchdan shaighdearan, is

connsachadh luchd-riaghlaidh, is dol-a-mach rìghrean! Ach air a shon sin, sud an rud a bha mòr is buan is buadh-mhor, agus cha b' e na gnòthuichean air an do chosg an luchd-sgrìobhaidh an ùine, oir rinn na brìathran a labhair Iosa mu'n chloinn tuilleadh atharrachaidh air an t-saoghal na rinn cogaidhean Cheasair.

Cha 'n 'eil e idir iongantach gu'm biodh crìdhe an t-Slànuighir an ceangal ris a' chloinn, oir dh' fhuiling cuid dhiubh an crann-ceusaidh air a shon-san m' an d' fhuiling esan air an son-san; na pàisdean neo-chiontach a mharbh Herod. Faodar a bhì cinnteach gu'n d' innis Muire a mhàthair an naigheachd bhrònach so dha fichead is fichead uair, anns na feasgair agus e aice air a glùn. Agus bho 'n cheud là a chual e an naigheachd sin, agus a chual e 'n a chadal gaoid nam ban agus iad a' gul air son nam pàisdean a bha air an cur gu bàs 'n a àite-san, bu dùth gu'm biodh taobh bhàth aig Iosa ri clann an t-saoghail, agus gu'n éireadh an sinuain 'n a chridhe gu'n tagradh e an cùis gu bràth.

Tha gu leòir de dhaoine anns an dùthaich an diugh a' feuchainn ris a' chloinn a thoirt gu Iosa, ministearan, is maighstirean-sgoile, is luchd-teagasg anns a' sgoil-Shàbaid; ach buinidh an obair so do na pàrantan gu sòn-ruichte, agus mur dean iadsan an dleasdanas cha bhì an obair ach air a leth-dheanamh. Do phàrantan aig a bheil gaol air an cloinn cha bu chòir gu'm biodh e 'n a uallach dhaibh feuchainn ri cridheachan an' cloinne a chosnadh do Dhia; cha bu chòir daibh a bhì riarachichte no fois a ghabhail gus am faic iad an clann air an toirt a steach d'a rìghachd. Sgrìobh ministear Gàidhealach uair-eigin gu ministear eile mar so, "Tha naigheachd mhaith agam dhuit air an t-seachduinn so, agus tha mi a nis cho sona ri duine air thalamh, oir chunnaic mi an t-aon mu dheireadh d' am theaghlach air iompachadh." Naigheachd mhòr is naigheachd mhaith, da-rìreadh; ach ged is brònach an rud e r'a ràdh, gidheadh, tha e fìor, gu bheil mòran de phàrantan cho saoghalta 's gu'm b' fheàrr leò a chluinntinn gu'n d' fhuair am mac posta maith anns an tigh-chuspainn agus tuarasdal mòr na gu'n d' fhuair e saibhreas air nèamh.

Gabhaidh clann a chosnadh do Chrìosd cho mhaith ris na daoine mòra. 'N an dòigh leanabail laghach fhéin théid aca air gaol a thoirt dha na's cinniciche na daoine a tha an cridheachan air an cruadhachadh le peacadh; théid aca air an cridheachan a thoirt dha mar a tha iad 'g an toirt d' am màthraichean cheana. Agus nach e sin an stéidh cheart air son na diadhaidheachd, araon anns an òg agus anns an aosda, gràdh a bhì

aca do'n t-Slànuighear! Gun teagamh tha mòran anns an diadhaidheachd nach h-urrainn daibh fhathast a thuigsinn, ach air a shon sin, rud air bith nach tuig clann faodaidh tu a bhì cinnteach nach e *sin* cridhe na diadhaidheachd. Cha 'n 'eil an deasbud agus an teangaireachd agus an reusanachadh mu phuingeann creidimh a chòrdas ri daoine mòra ach glé bhitheanta 'g an toirt na's fhaide agus na's fhaide air falbh bho Chrìosd. Cha 'n 'eil uigh air bith aig a' chloinn anns na nithean sin, is fàsaidh iad sgèith dhiubh glé luath ma thòisicheas tu air bruidhinn riu umpa; ach tog suas Iosa mu choinneamh an sùl, mar a bha e ann an làithean fheòla, agus cha 'n fhàs iad sgèith dhethsan. Chì iad maise a naomhachd a cheart cho mhaith ris na daoine mòra, agus gabhaidh iad gaol air.

Ma their duine air bith ruibhse, aithrichean agus a mhàthraichean a leughas an duilleig so, nach h-urrainn clann òg roghainn a dheanamh, no gnòthuch anama a dheanamh ri Dia ann an da-rìreadh, na creidibh e. Thug Iain Knox comanachadh do bhalach nach robh ach dà bhliadhna dheug. Cha robh Polycarp, duine naomh a bha 'na Easbuig ann an Smirna, ach naoi bliadhna 'n uair a rinn e suas inntinn Chrìosd a leantuinn. Ghléidh e na bòidean a dh' ioc e do Dhia 'n a bhalach gu dìleas gus an là anns an d' fhuiling e bàs air sgàth a chreidimh. An uair a thairgeadh a shaorsa dha na'm mallaicheadh e ainm naomh an t-Slànuighir, is e so a thubhairt e, "Tha sé agus ceithir fichead bliadhna bho thòisich mi air seirbhis a dheanamh dha, agus riamh cha do thréig e mi; c' ar son a mhallaichinn ainm?" Bha Matthew Henry, seann sgoilear a mhinich na Sgrìobhturan, air iompachadh an uair a bha e deich bliadhna; bha Isaac Watts, an diadhair agus an bàrd naomh a sgrìobh uiread de na laoidhean a bhios sinn a' seinn, air iompachadh aig naoi. Bha na balaich sin gun teagamh 'n am balaich shònruichte; aig deich bliadhna bha iad air thoiseach air balaich a bha còig bliadhna deug, ann an eòlas agus ann an cumhachd inntinn. Bho chionn ghòirid bha cuideachd de mhinistearan cruinn, agus bha a' cheist so air a togail 'n am measg, Ciod an aois aig an fhasa do'n eaglais an òigridh a chosnadh do Chrìosd? Bha còig duine fichead a làthair, agus anns an t-seachas a bha eatorra mu'n chùis so, thàinig so a mach, gu'n do rinn ceithir air fhichead dhiubh suas an inntinn air son na ministrealachd m' an deachaidh iad seachad air ceithir bliadhna deug. Nach 'eil sin a' teagasg do phàrantan, cha 'n e mhàin sìol maith na rìghachd a chur ach fuighair a bhì aca gu'm faic iad a thoradh tràth 'n an cloinn.



The first part of the document discusses the importance of maintaining accurate records of all transactions. It emphasizes that every receipt and invoice should be properly filed and indexed for easy retrieval. This not only helps in tracking expenses but also ensures that all necessary documentation is available for audits or tax purposes.

Furthermore, it is advised to review these records regularly to identify any discrepancies or areas where costs can be reduced. By staying on top of the data, businesses can make more informed decisions and improve their overall financial health.

In addition, the document highlights the need for transparency and accountability. All financial activities should be clearly documented and communicated to relevant stakeholders. This builds trust and ensures that everyone is working towards the same financial goals.

Finally, it is recommended to use modern accounting software to streamline the record-keeping process. These tools can automate many of the manual tasks, reducing the risk of errors and saving valuable time for the business owner.

The second part of the document focuses on the importance of budgeting and financial forecasting. A well-defined budget serves as a roadmap for the business, outlining expected income and expenses over a specific period. This allows the owner to anticipate potential challenges and plan accordingly.

Financial forecasting, on the other hand, involves projecting future financial performance based on historical data and market trends. This helps in identifying growth opportunities and potential risks before they become major issues.

The document also discusses the role of cash flow management. It is crucial to ensure that there is always enough cash on hand to cover operational needs. This can be achieved by monitoring receivables and payables closely and implementing effective collection strategies.

Moreover, it is suggested to establish a contingency fund to handle unexpected expenses or downturns in the market. This provides a safety net and ensures the business can continue to operate during difficult times.

In conclusion, the document provides a comprehensive overview of essential financial management practices. By following these guidelines, businesses can achieve greater financial stability, transparency, and long-term success.

The first part of the document discusses the importance of maintaining accurate records of all transactions. It emphasizes that every entry should be clearly documented, including the date, amount, and purpose of the transaction. This ensures transparency and allows for easy reconciliation of accounts.

Furthermore, it is noted that regular audits are essential to identify any discrepancies or errors early on. By conducting periodic reviews, the organization can maintain the integrity of its financial data and prevent potential issues from escalating.

The document also highlights the need for clear communication between all stakeholders involved in the financial process. Regular meetings and reports should be provided to keep everyone informed of the current financial status and any upcoming challenges.

In conclusion, the document stresses that a strong financial foundation is crucial for the long-term success of any organization. By adhering to these principles, the organization can ensure its financial health and stability.

The second part of the document outlines the specific procedures for handling incoming payments and outgoing expenses. It details the steps for recording each transaction, from the initial receipt to the final posting in the accounting system.

For incoming payments, the document specifies that all checks and bank deposits should be promptly recorded and deposited into the designated account. The amount received should be verified against the invoice or order to ensure accuracy.

Regarding outgoing expenses, it is advised that all purchases should be supported by proper documentation, such as receipts and invoices. This helps in tracking costs and identifying areas where expenses can be reduced.

The document also provides guidance on how to handle budget variances. If there are significant differences between the actual and budgeted amounts, the reasons should be investigated and reported to management for their review.

Finally, the document concludes by reiterating the importance of consistency and accuracy in all financial reporting. By following these procedures, the organization can maintain a clear and reliable record of its financial activities.



ANN'S A CHATHAIR.

An uair mu dheireadh a bha mi ann an Cille-Sgumain chuir mi seachad feasgar fada samhraidh 'n am shuidhe air cloich anns a' chladh, a' seachas ri mo sheana charaid, Calum Dòmhnallach, beadall na h-eaglais is fear-cladhach nan uaighean. Tha an eaglais 'n a seasamh ann am meadhan a' chlaidh, agus tha barrachd de mhuintir Chille-Sgumain 'n an sineadh an taobh-a-stigh de'n ghàrradh na tha an taobh-a-muigh dheth. Sin an t-aobhar gur toigh leam dol a steach ann air làithean na seachduin cho mhaith ri là na Sàbaid, a mheòmhrachadh am measg nan leacan, agus a chuimhneachadh air na daoine a b' aithne dhomh anns na làithean a dh' fhalbh.

Eadar glanadh na h-eaglais is obair a' chlaidh tha Calum Dòmhnallach a' cur seachad a' chuid is mò d'a bheatha anns a' chladh, air chor agus gu'm bi sinn a' tachairt air a chéile glé bhitheanta, agus a thaobh 's gu bheil e a nis 'n a sheann duine (tha e ocd is dà fhichead bliadhna 'n a dhreuchd) agus gur h-aithne dha muinntir Chille-Sgumain agus an sinnsearachd uile na's fheàrr na's aithne do dhuine eile a tha nis beò, is toigh leam dol 'n a sheachas a h-uile uair a bhios cothrom agam. A thuilleadh air sin, tha e 'n a dhuine tùrail geur, neo-eisimeileach 'n a dhòighean agus 'n a bheachdan, agus tha sin aige, beachdan dha fhéin. Cha 'n 'eil ann an seachas ri duine aig nach 'eil smuaintean is beachdan dha fhéin ach rud gun bhlas, mar gu'm biodh ugh gun salann. Cha 'n ann mar sin a tha seachas Chalum; co dhiu a tha no nach 'eil a chainnt a ghnàth ann an gràs tha i daonnan air a deanamb blasda le salann, salann na géireid nàdurra agus a' ghliocas shaoghalta. Agus air uairean cuideachd gheibhear 'n a sheachas tomhas de'n ghliocas ata o shuas, oir is duine maith Calum, ged nach toigh leis muinntir na h-eaglais Shaoir, no boirionnaich a bhios a' searmonachadh, no bràithrean usaideach a bhios a' foighneachd de 'n h-uile duine a thachras orra am bheil iad réidh ri Dia, no am bheil iad a' cuimhneachadh air a' bhàs. "An do rinn sibhsé réite ri Dia?" thuirt fear dhiubh so ri Calum, agus e trang a' fosgladh uaighe air son tiodhlacaidh; "bithibh cuimhneach, a dhuine, air a' bhàs." Bha Calum 'n a fhallus agus gun an uachdar an talaimh dheth ach an ceann agus na guailleann, ach stad e agus chuir e an spaid fo uchd agus fhreagair e

mar so (car frionasach) "Cha do rinn mise réite ri Dia, ach rinn Dia réite riumsa, agus a thaobh a' bhàis chuir mi tuilleadh 's a chòir de dhaoine eile fo'n ùir gu'n dichuimhnichinn mo chrìoch dheireannach."

Bidh mise agus Calum a' dol thairis air iomadh rud an uair a thachras sinn air a chéile, iomadh rud nach innis sinn do dhuine eile, ach bidh sinn cuideachd a' seachas mu nithean a bhuineas d'ar gairm shònruichte anns an eaglais, agus bu mhaith leam cuid de sheachas Chalum a chur sìos air an duilleig so m'an téid e as mo chuimhne.

An là ud a bha sinn 'n ar suidhe anns a' chladh bha e ag innseadh dhomh mu na h-atharraichean a thàinig air an eaglais agus air an t-saoghal bho na bu chuimhne leis. "Tha trì fichead bliadhna," ars' esan, "bho thòisich mi air dol do'n eaglais an toiseach; bho chionn dlùth air leth-cheud bliadhna tha mi innte air dà cheann an latha, agus cha 'n 'eil duine eile ann an Cille-Sgumain a chuala uiread shearmon rium. Shuidh mi fo chòig ministearan anns an eaglais so; cha 'n 'eil aon de na foirbhich a làthair a nis a bha innte an uair a chuir an Seisein mi anns an dreuchd a tha agam. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhiodh an coimhthional a' seasamh aig an ùrnuigh, a' suidhe aig an t-seinn, agus cha robh dad air a sheinn ach sailm Dhaibhidh. Tha cuimhne agam gu maith air an là a thog Iain Mac Coinnich leis an Biobull agus a cheathrar cloinne agus a chaidh e a mach as an eaglais, a' glaothach, *Mo nàire, mo nàire, Ichabod, Ichabod*, a chionn gu'n d' thug am ministear laoidh dhuinn 'g a seinn. Ach an diugh tha òrgan anns an eaglais, agus cò a tha 'g a chluich ach ogha Iain, caileag laghach ruadh a tha ceart coma co dhiu a bheirear dhi Daibhidh no Sankey. Ach tha mi an dùil gu'n d' thàinig tuilleadh atharrachaidh air a' chùbaid fhéin na thàinig air a' cheòl. Ri linn Mhaighstir Eachainn bhitheamaid a' faotainn searmon mòr fada mu ifreann uair 's an ràidhe, a thuilleadh air gu'm biodh e a' toirt an dlìghe do'n Diabhol agus do ifreann a h-uile Sàbaid ann an comh-dhùnadh an t-searmoin, ach an diugh cho chluinnear iomradh air an Diabhol bho cheann gu ceann de'n bhliadhna. Air son na chuala sinne riamh bho 'n duine ghrinn a tha againn ann an eaglais Chille-Sgumain an diugh, an t-Urr. Nial Mac Phàrlain, B.D., cha bhiodh fhios againn gu robh leithid an Diabhoil ann. Tha deich bliadhna bho nach chuala sinn searmon mu ifreann ach aon fhear fiadhaich a fhuair sinn

bho mhinisteir a thàinig á Leòdhas, o'n cheann-teagaisg, *Oir dh' ullaicheadh Tophet o shean; rinn e domhain e, rinn e farsuinn e; cruach theine agus mòran connaidh; tha anail an Tighearna mar shruth pronnaise 'g a fhadadh.* Ohh! Ohh! b'e sin an searmon; chuir e crith air na cridheachan aig daoine; chrath e muinntir Chille-Sgumain os cionn an t-sluichd gus an do thòisich na boirionnaich air ochanaich agus a' chlànn air caoineadh, agus an do thuit Ealasaid Bheag ann am paiseanadh, ged nach robh duine eile anns an eaglais a bu lugha a thoill an t-uamhas a bha an duine a' maoidheadh na Ealasaid."

"Air uairean," arsa Calum, "an uair a bhios mi ag obair anns a chladh so, bidh mi a' cnuasachadh leam fhéin air na nithean sin, ach mar is mò a smuainicheas mi orra is ann is mò a tha dìomhaireachd an t-saoghail eile a' fàs, agus an deacaireachd a tha conch-cheangailte ri fichead is ceud rud a tha sgrìobhta anns a' Bhiobull. Tha aon ni a thug mi fainear a bhios a' cur ionghnaidh orm, gur h-e na daoine as fheàrr as lugha a bhios 'g an cur fhéin mu'n cuairt mu Shatan no mu ifreann, agus gur h-e na daoine as miosa a bhios a' gabhail feirge na chluinneas iad duine eile ag ràdh nach 'eil teine siorruidh a' feitheamh air peacaich. An uair a bha am ministear againn fhéin aig an t-Seanadh chuir e 'n a àite gille òg a bha air ùr thighinn-a-mach as a' Chollaiste. Thug e dhuinn searmon pongail mu'n dearbhadh a chaidh a chur air Iosa anns an fhàsach, ach anns an dol seachad thuirt e nach robh e idir coltach gu'n robh an seachas ud eadar Iosa agus an Diabhol gu litireil no gu pearsanta, agus nach robh ann ach seòrsa de chosmhachd air a ghleachd spioradail a chaidh air aghaidh air an àm ann an anam Iosa. Thuirt e cuideachd nach robh e furasda do dhuine air bith smuaintean is fair-eachduinnean, is fiosrachadh dìomhair a chridhe, a chur ann an caiunt, agus gu'm b'e sin an t-aobhar gu bheil uiread de'n Bhiobull na's fhìre anns an spiorad na tha e anns an litir, fìor ann an da-rìreadh ged a dh' fhaodas e bhith nach do thachair an rud riamh, dìreach mar a tha *Turus a' Chrìosduidh* agus an *Cogadh Naomh* aig Iain Bunian fìor, ged nach 'eil anns na naigh-eachdan sin ach samhlaidhean is cosmhalachdan a rinn Iain Bunian fhéin suas. Cha do shaoil mise gu'n d' thuirt an duine dad ceàrr, ach a mhic-chridhe, m'an deachaidh a' ghrian fodha Di-luain bha e air feadh na sgìreachd uile nach robh am ministear òg a' creidsinn anns a' Bhiobull no ann an Satan, agus rud a bu neònaiche air fad, an uair a thòisich deasbuid is connsachadh mu'n

ghnothuch anns a' cheàrdaich, b'e na daoine a bu diadhaidhe agus a b' eòlaiche air a' Bhiobull a bha seasamh air taobh a' mhinisteir, agus na daoine nach fhacas anns an eaglais bho chionn fichead bliadhna, agus a bha na b' eòlaiche air òrain Dhonnacha Bhàin na bha iad air sailm Dhaibhidh a bha 'n a aghaidh. Tha cuimhne agad air Eachann Mòr a' Chàrnain; cha 'n fhaca mise e an taobh-a-stigh de bhallachan na h-eaglais so o'n là a bha an Siorram Brand agus Com-mission nan Croitearan cruinn innte, agus tha ùine mhaith bhuaith sin. Ach an uair a dh'innis iad dha gu robh am ministear a bha anns an eaglais air an t-Sàbaid ag ràdh nach robh Diabhol idir ann, chaidh Eachann air druim dearg a' chuthaich, agus bha e air son an sluagh a chruinneachadh gus dol air an ceann mar a bhiodh e a' deanamh ann an àm na Land League; "theid sinn," ars' esan, "agus tearraidh sinn e." Bidh e air uairean a' cur ionghnaidh ormsa, a mhinisteir, cìod a dh' éireas do leithid Eachainn anns an ath shaoghal. Ann an aon seadh, cha n'e droch dhuine idir a tha ann an Eachann bochd; their a choimhearsnaich riut nach 'eil coimhearsnach eile anns an dùthaich is fheàrr na e; gu bheil e iochdmhor is coibhneil, agus ann an àm trioblaid cho bog ri pàisde, fada na's iochdmhoire agus na's coibhneile na Alasdair mac Eòghain, am foirbheach a tha r'a thaobh. Ach ann an seadh eile, tha Eachann cho fada air falbh o spiorad na diadhaidheachd agus spiorad an Tiomnaidh Nuaidh ris na cinnich a tha ag aoradh do iodhalan. Cha 'n 'eil inntinn an aoraidh ann an Eachann gu nàdurra, agus na bhios e a' deanamh de aoradh is ann do iodhalan agus do bhòchdain a bhios e 'g a dheanamh. Dhòirteadh e gach braon d'a fhuil a sheasamh a' Bhiobull agus Chrìosd agus nan Abstol na'n cluimneadh e gu robh daoine (agus gu sònruichte daoine nach bu toigh leis, no daoine nach b' aithne dha) a' deanamh tàir orra; ach air an làimh eile, tha eagal orm gu'm biodh e a cheart gu deas gu fhuil a dhòrtadh as leth Fhinn Mhic Cumhail, no Dhonnacha Bhàin, no eadhon an Diabhoil. Tha e tur aineolach air spiorad a' Bhiobuill, cho aineolach ris na gamhna aige fhéin, ged a tha prabadh beag aige air an litir, ach cha 'n 'eil na tha aige de'n litir ach 'g a mharbhadh an àite a bhi 'g a thoirt beò. Tha caibideil á Lebhiticus an t-aon ni dha ri caibideil á soisgeul Eoin; is fheàrr leis a bhi cluimntinn mu euchdan Shamsoin na mu thurasan soisgeulach Phoil, agus ged nach bi e a' leughadh a' Bhiobuill air a shòn fhéin uair air bith bidh e air oidhchean sònruichte anns a' bhliadhna (oidhche Bealltainn, oidhche Shamhna,





oidheche na Féill Ròid, is oidheche Féill-Sheathain) a' leagail a' Bhìobuill air àrd-dorus an tighe agus 'g a fhàgail an sin fad na h-oidheche gus e fhéin agus a theaghlach a sheunadh, agus buidsichean is bòchdalan a chumail a mach. Ach ged a tha Eachann làn buirbe is aineolaïs tha e cho firinneach onorach ris a' ghréin; an uair a chaill Dòmhnall Caimbeul an capull agus an dà mhart agus an t-agh anns an aona bhliadhna agus a bha na coimhearsnaich a' cruinneachadh airgid dha a chumadh anns a' chroit e, chuir Eachann trì ginneachan ann ged nach do chuir Alasdair Mac Eoghain ach leth-chrun ann, agus e na's fheàrr air a dhòigh. Ciod a tha thu féin ag ràdh mu leithid Eachainn; ciod a dh' éireas d'a sheòrsa anns an ath shaoghal."

"Mata, a Chaluim, chuir sibh ceist orm; sin rud nach h-urrainn mise a ràdh, oir is ann do Dhia a mhàin a bhuineas breitheanas agus is maith gur h-ann. Bhiodh e furasda gu leòir dhòmhsa innseadh dhuibh ciod a' bhinn a tha an eaglais agus na diadhairean agus na creudan a' toirt air daoine nach 'eil ann an *Crìosd* aig uair am bàis, ach cha duine Dia, agus co aige a tha fhios am bheil esan a' ciallachadh an t-àon ni 's a tha sinne a' ciallachadh leis an fhacal *ann an Crìosd*, oir cha 'n 'eil ann am facal ach facal fhéin. Mar is sinne a tha mise a' fàs is ann is cinn-tiche mi gu bheil Dia caomhail is tròcaireach is uasal, agus nach dean e gnìomh snarrach no leibideach as an gabhadh eadhon duine gun ghràs nàire.

"Tha mi toilichte," arsa Calum, "a chluinntinn gu'm bi smuaintean de'n t-seòrsa sin a' dol troimh t' inntinn-sa cuid-eachd, oir bidh iad a' tighinn a steach orm fhéin, an uair a dhìchuimhnicheas mi Pol agus Iain Bunian agus Leabhar Aithghearr nan Ceist, agus a bhios mi a' cruasachadh 'n am inntinn fhéin air gné is nàdur Dhé, air a mhòrachd is air a chumhachd, an gaol a dh' fheumadh a bhì aige d'a chloinn m'an deanadh e na rinn e air an son, agus an àirde neo-chrìochnach a tha e os cionn dhaoine ann an caomhalachd agus ann an tròcair. Cha 'n 'eil annam-sa ach seann duine aig nach 'eil sgoil, is bhiodh e dàna dhomb a ràdh gu bheil daoine a tha na's fòghluimte na tha mi ceàrr anns na beachdan a tha aca mu Dhia, ach air a shon sin chuala mi le mo dhà chluais anns an eaglais sin thall nìthean air an cur as leth an Tighearna a chuir erith air m' fheadh, agus sin le ministearan a bha an dùil gu robh iad ag àrdachadh nan sgrìobhturan agus a' toirt glòire do Dhia. Cha toigh leam a bhì chluinntinn mhinistearan a' bruidhinn air Dia mar gu'm b' aithne dhaibh E cho nàthair r'an coimh-

earsnach a tha air taobh eile a' ghàrraidh; cha toigh leam Dia a bhì air labhairt uime mar nach robh ann ach Urra mòrchuiseach a tha daunnan ag iarraidh modh is moladh bho dhaoine, agus a ghabhas fearg riu mur toir iad dha an t-urram as dlìghe dha, mar a ghabhadh seann tighearna Chluainidh ris na ceàird mur tugadh iad dhiubh am boinneid anns an dol seachad. Saoilidh mi nach e sin idir an t-Athair gaolach air am biodh Iosa a' bruidhinn. Tha clann agam-sa mi fhéin, ach ged a bhiodh mo mhac 'n a mhac neo-dhleasdanach, seadh ged a bhualadh e a làmh orm anns an aodann, tha fhios agam nach deanainn air an nì a bhitear ag radh a tha Dia a' dol a dheanamh air cuid d'a chloinn anns an ath shaoghal, 'g an losgadh ann an teine gu sìorruidh. Sin rud nach deanainn eadhon air mo nàmhaid; b' fheàrr leam a bhì air mo chur anns an teine mi fhéin na gu'n cuirinn duine eile ann, agus saoilidh mi nach eil Dia cho leibideach no an-ìochdmhor 's gu'n deanadh e gnìomh brùideil nach deanadh beadhall bochd peacach Chille-Sgumain. Bidh e a' tighinn a steach ormsa glé bhitheanta nach 'eil daoine a' tuigsinn gu ceart ciod a tha iad ag ràdh an uair a their iad gu bheil iad a' creidsinn ann an loch mòr teine anns an bì daoine air an tilgeil gu bhì a' losgadh ann gu sìorruidh; cha 'n 'eil ann dailb ach *facail*, facail nach do ghreimich riamh air an inntinn. Bho chionn dà bhliadhna bha mi là anns a' chladh so, a' gearradh feòir, agus cò a thàinig a steach air a' gheata air son uaigh a bhràthar fhaicinn ach Tearlach nan duilleagan, mar theireadh iad ris, mac do'n mhuileir a bha ann an Gleann Moireastan, dhùeachan beag spaideil a bhios a' reic thractaichean is leabhraichean, agus air uairean a' gleidheadh choinneamhan. Theagamh nach aithne dhuitse an gille ach bidh cuimhne agad air athair. Bha dìthis mhac dhiubh ann, Tearlach agus bràthair a b' òige, Seumas. Bha Seumas bochd car gòrach, agus bhiodh e air uairean a' gabhail smuid drama, ach cha robh cron ann do dhuine eile ach dha fhéin, agus bha gaol aig a' h-uile duine air. B' fheàrr leò e fada cian na Tearlach, oir tha sùil is teanga mhuibhail aige-san, is tha e cho spìocach 's a tha e cho spaideil. Thuit Seumas ann an caibeamh; thàinig e dhachaidh as a' bhaile mhòr, is mu dheireadh shìubhail e. B'e sud a' cheud uair a thàinig Tearlach a dh' fhaicinn uaighe, agus tomhais ciod a thubhairt e an uair a bha e 'n a sheasamh aig a ceann. "Cha 'n 'eil fhios agam," arsa mise, "thuir an duine glic gu bheil àm ann gu bhì bruidhinn, agus àm gu bhì sàmhach, agus saoilidh mi gur freagarrach do dhuine a bhì 'n a thòsd aig ceann

uaigh a bhràthar, agus gun na nithean a tha 'n a chridhe a thoirt do choigrich no do èoin an adhair." "Mata," ars' am beadall, "cha b'è sin a rinn am peasan ud, ach ann an guth cruaidh cabhagach mar gu'm e a' reic leabhair as a' phaca, thuirt e, Tha a' chuid mhòr de na tha air an tiodhlacadh anns na h-uaighean againne ann an truaighe shiorruidh, oir mur beirear duine a rìs cha 'n fhaod e rioghachd Dhé fhaicinn, ach cha robh duine de na daoine againne air am breith a rìs ach mi fhéin is Seònaire piuthar m'athar." "Uist!, a chreutair ghrannda," arsa mi fhéin ris; "na bi a' gabhail air do bhilean briathran sòluimte nach eil fhios agad ciod a tha iad a' ciallachadh; tha daoine air an sìneadh anns an uaigh sin nach bi thusa gu bràth cho mhaith riu ged bhiodh tu air do bhreith fhead uair, t' athair agus do mhàthair agus Seumas." An déidh dha falbh bha mi a' smuaineachadh air an rud a thubhairt e; a' smuaineachadh am biodh e comasach dhomh fhéin fois no sonas a mhealtainn aon mhionaid de mo bheatha na'm bithinn a' creidsinn gu robh mo bhean agus mo chlann air am pianadh ann an lasraichean siorruidh gun dòchas gu'm faigheadh iad faochadh no fuasgladh gu bràth. Cha bhitheadh; duine air bith a ghabhadh a bhìadh gu toilichte no a chaidleadh gu réidh anns an oidhe agus fhios aige gu robh a bhràthair no athair no a mhac a' fulang ann an loch teine pian a tha dol os cionn cainte, sin duine a thoilleadh an teine e fhéin. Bidh e air uairean a' tighinn a steach ormsa nach 'eil daoine idir a' creidsinn anns an teine fhiadhaich ud 'n an cridhe ged tha iad fhéin an dùil gu bheil; cha 'n 'eil e dhaibh ach mar rud a chunnaic no chual iad anns a' phaipeir-naigheachd, rud nach 'eil a' deanamh greim ceart air an inntinn. Ach ged a bhios na smuaintean sin ag éirigh suas 'n am inntinn-sa, an uair a bhios mi a' cnuasachadh air cùisean leam fhéin anns a' chladh, bidh eagal orm air uairean nach 'eil e ceart dhomh a bhì a' gabhail gnothuich ri nithean a tha os cionn mo thuigse, agus gu'm faod e bhì gu bheil mi a' toirt oilbheum do Dhia. Ciod a tha thusa ag ràdh."

"Tha, nach ruig sibh a leas egal air bith a bhì oirbh gu'n cuir bhur smuaineachadh-se fearg air Dia, oir is e a spiorad féin as ùghdar do gach smuain is faireachduinn chaomhail a dh' éireas ann an cridhe duine. Ciod eile an dòigh air an do ràinig na daoine naomh a sgrìobh am Bìobull air na beachdan a chuir iad sìos ann ach le bhì smuaineachadh 'n an inntinn féin air nàdur is gné is dòighean is rùintean an Tighearna. Tha an Spiorad ceudna a labhair rìusan anns na làithean o shean a' labhairt ri daoine an

diugh fhathast, agus a' teagasg daibh iomadh rud air nach do ràinig eadhon na h-abstoil. Na'n robh Pol an diugh beò tha mi làn chinnteach gu'n aidicheadh e gu robh cuid de na beachdan a bha aig na h-aithrichean 'n a latha-san car anabaich is leanabail, agus gu'n abradh e gur h-ann bho Spiorad an Tighearna a thàinig iomadh atharrachadh anns an eaglais ris nach aontaicheadh e fhéin no Seumas aig an àm. Is e Dia fhéin a thug do mhac an duine comas breithneachaidh, agus cha toirmisg e do dhuine buadhan inntinn a chleachdadh, cho fhad 's a tha a chridhe air a shocruchadh air na nithean a tha fìor-ghlan. Theagamh nach cuala sibhse, a Chaluim, an naigheachd so riamh, ach thàinig i gu m' inntinn an uair a bha sibh ag inneadh dhomh mu'n rud a thuirt Tearlach nan duilleagan, agus bho na tha i a' bunntainn ris na nithean air a bheil sinn a' seachas innsidh mi dhuibh i, ged nach bi m'athris ach gu maith maol an coimeas ri aithris a bhàird agus an duine dhiadhaidh a dh' innis an toiseach i ann an rannan Beurla, An t-Urramach Walter C. Smith, ministear de'n Eaglais Shaoir, an Dunéid-eann. Tha an naigheachd mu òg-bhean a ràinig geata nèimh, air a saoradh agus air a glanadh bho uile pheacadh an t-saoghail. Bha neochiontas a cridhe ri fhaicinn air a h-aodann, air chor agus gu'n do ghlaodh Peadar, gun uiread is ceist a chur oirre mu a creud no a paidir, Fosglaihb an dorus is leigibh a steach i oir is e so òigh a tha airidh air suidhe aig suipeir an Uain. Cha téid mi a steach, fhreagair i; cha b' ann a dh'ol a steach a thàinig mi gu geata nèimh ach a dh' fhaicinn an Uain; faiceam aon sealladh de mo Thighearna, agus cluinneam aon phong de òran nan naomh, agus is leòir an sòlas sin dhomh; ach cha 'n fhaod mi dol a steach, oir feumaidh mi dol a null far a bheil na truaghain a' fulang ann an ifreann, air taobh eile na dòimhne. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.* Tha bràthair ann air a bheil gaol agam, agus leannan cuid-eachd; ciamar a thogainn-sa fonn nan salm air clàrsaich òir agus iadsan a' mallachadh a chéile ann an ifreann? Ion-mhiannaichte gun teagamh tha na sràidean òir, craobh na beatha, is cathair àluinn Dhé, ach b' fheàrr leam iad sin uile a chall seach a bhì gun chomas air fìu na dibhe a thoirt do na truaghain a tha fulang péin. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.* Sheas an Tighearna e féin aig geata nèimh, a' cluinn-tinn na h-òigh; cha tig thusa a steach ach theid mise a mach thuirt an Slànuihear caomh; théid sinn sìos do'n t-slochd oir cò aige a tha fhios nach éisd iad fhathast ri facal Dhé. *Agus bha na h-ainglean uile 'n an tosd.*

THE HISTORY OF THE UNITED STATES

The history of the United States is a story of growth and expansion. From a small collection of colonies on the eastern coast, the nation grew to encompass a vast continent. The process of westward expansion was driven by the desire for land, resources, and new markets. This expansion was not without conflict, as seen in the various wars and treaties that shaped the nation's borders. The discovery of gold in California and the opening of the transcontinental railroads were key events that accelerated the westward movement. The United States emerged as a global power, with its influence extending across the Americas and into the Pacific and Atlantic oceans. The nation's growth was also marked by the development of a diverse economy and a complex system of government. The challenges of maintaining unity and managing the interests of different regions and peoples were central to the nation's history. The story of the United States is one of resilience and the pursuit of a better future for all its citizens.

The history of the United States is a story of growth and expansion. From a small collection of colonies on the eastern coast, the nation grew to encompass a vast continent. The process of westward expansion was driven by the desire for land, resources, and new markets. This expansion was not without conflict, as seen in the various wars and treaties that shaped the nation's borders. The discovery of gold in California and the opening of the transcontinental railroads were key events that accelerated the westward movement. The United States emerged as a global power, with its influence extending across the Americas and into the Pacific and Atlantic oceans. The nation's growth was also marked by the development of a diverse economy and a complex system of government. The challenges of maintaining unity and managing the interests of different regions and peoples were central to the nation's history. The story of the United States is one of resilience and the pursuit of a better future for all its citizens.

The text on this page is extremely faint and illegible. It appears to be a two-column layout of printed text, possibly from a book or document. The characters are too light to be accurately transcribed.



BEAN IOB.

An sin thubhairt a bhean ris, Am bheil thu fathast a' cumail t' ionracais? Cuir cùl ri Dia agus faigh bàs.—Iob ii, 9.

Am measg a h-uile rud maith a rinn an Dotair Mac Illeathain nach maireann thug e ceartas do bhean Iob, oir dh' fhàg na seann diadhairean a thionndaidh am Biobull gu Gàidhlig oirre gu'n d' iarr i air a duine Dia a mhallachadh. Sin an t-aobhar gu'n deachaidh a h-ainm air feadh an t-saoghail uile mar aon de na droch mhnathan a thug Dia do dhaoine sònruichte gu bhì 'n an sgoibh 's an fheòil aca. Thuir an diadhair mòr Augustus uimpe nach robh innte ach fear-cuideachaidh do Sbatan; cainnt làidir is cainnt uamhasach air bilean diadhair, gu sònruichte mu bhoirionnach.

Tha na facail *mallaichd* is *mallaichd* 'n am briathran sòluimte eagalach, ciod air bith an guth leis an abrar iad no an dòigh anns an cleachdar iad. Tha e dona gu leòir gu'm mallaicheadh aon duine duine eile, ach gu'm mallaicheadh duine Dia, Cruithear na talmhainn agus nan nèamh,—sin baobhalas is toibheum a tha dol os cionn cainnte.

Ach anns a' Bhiobull ùr Ghàidhlig tha am facal *mallaich* air fhàgail a mach, oir b' aithne do'n Dotair Mac Illeathain Eabhra na b' fheàrr na b' aithne do'n fheadhainn a dh' eadar-theangaich e an toiseach, agus bha fhios aige gur e an fhìor rud a thuir bean Iob, *Cuir cùl ri Dia agus faigh bàs*. Bha sin fhéin dona gu leòir, ach cha 'n 'eil e cho dona ris na chuireadh as a leth.

Coltach ris na daoine eile a bha beò anns an àm ud (seadh, agus daoine anns an là diugh) bha dùil aig bean Iob gu'n tugadh Dia soirbheachadh saoghalta d'a fear mar dhuais fhìreantachd, ach an uair a chunnaic i nach e sin a bha tachairt ach gu'n d' thàinig call is trioblaid air os cionn chàich, rinn i suas a h-inntinn nach robh buannachd ann an seirbhis Ichobhab, agus dh' iarr i air Iob cùl a chur r'a sheirbhis ged gheibheadh e bàs, oir nach b' urrainn da a bhì na bu mhiosa na bha e ged bhiodh e marbh fhéin. Cha b' ann idir gu magail a thuir i so, ach ann an searbhadas a cridhe; bha na briathran air am fàsgadh as a bilean le meud a bròin, agus gu sònruichte leis an tionndadh a ghabh i an uair a chunnaic i a céile anns an luathre, agus e air a chòmhach le neasgaidean cràiteach o mhullach a chinn gu bonn a chois.

Feumar a chuimhneachadh nach ann air Iob a mhàin a bha làmh an Tighearna air a leagail gu trom: bha ise a' fulang cho mhaith ris-san; clann Iob air an tàinig bàs sgiorraidh b'e a clann-se iad cuideachd; 'n a uile àmhghar-san bha ise fo àmhghar mar an ceudna. Bha call an codach is call na cloinne goirt gu leòir, ach a nis thàinig na bu chruaidhe air fad oirre; an uair a chunnaic i an t-aon duine a bu dlùithe dhi air thalamh air a bhualadh le galair uamhasach chaill i a ciall agus a càil, is thuir i ris, Ciamar is urrainn duit earbsa a chur ann an Dia tuilleadh; tha mise ullamb is E, agus tha mi ceart coma, *cuir thusa cùl ris cuideachd, oir cha 'n 'eil romhad ach an uaigh co dhiu*.

Briathran eagalach, da rìreadh, ach ma's aithne dhòmhsa dòighean an Tighearna idir tha mi an dùil nach bì e trom air cainnt amaideach is cainnt pheacach dhaoine a tha an cridheachan briste, cho briste 's gu'm bheil am briseadh-cridhe a' cur seachrain 'n an ceann; tha mi an dùil nach cuimhnich e 'n an aghaidh an teagamh peacach a thàinig 'n an inntinn agus na briathran amaideach a thàinig gu'm bilean ann an là na deuchainn. Oir tha Dia glic agus tuigs-each.

Bha bean Iob anns an staid inntinn anns an robh màthair sònruichte air an cuala mi iomradh an àm a' chogaidh. "Bha mi ag ùrnuigh ri Dia," ars' ise, "a h-uile latha fad shé mìosan, gu'm biodh mo mhac air a chaomhnadh; ach a nis chaill mi e, *is cha 'n 'eil suim agam tuilleadh do Dhia*." Ciod a their thu ris a sin, a leughadair? Theagamh gu'n cuala thu ni-eigin de'n cheart sheòrsa anns na làithean deuchainneach ud anns an robh anmanna dhaoine air an criathradh. Ach bu mhaith leam fhios a bhì agam co dhiu a tha a màthair ud de'n cheart inntinn an diugh fhathast, ma tha i beò, no co dhiu a dh' aisig Dia a h-anam air ais dhi le feartan coimhail a spioraid. "Chaidh sinn troimh theine, agus troimh uisge," ars' an Salmadair, "ach thug thu mach sin gu h-ionad saobhir;" a' ciallachadh gu'n oibrich dearbhadh faighidinn, agus faighidinn dòchas, dòchas ann an Dia, an dòchas sin a tha mar acair do'n anam. Bitheanta gu leòir tha bròn is bristeadh-cridhe a' milleadh dhaoine, 'g an deanamh gearanach is searbh, ach sin daoine anns a bheil domblas na seirbhe co dhiu, agus cha 'n e rùn an Tighearna gu'n iomaineadh a fhreasdal searbh a chlann air faibh bhuaith,

ach 'n a àite sin, gu'n tigeadh iad na's dlùithe dha, chum fasnadh fhaotainn ann.

Ann a bhi faotainn coire do Dhia agus a' toirt dùlainn do'n Uile-chumhachdach labhair bean Iob gu h-amaideach, air chor agus gu'm bu cheart a fhreagair Iob fhéin an uair a thuir e rithe gu robh i a' labhairt mar aon de na mnathan amaideach; "an gabh sin maith o làimh Dhé," ars' esan, "agus nach gabh sinn olc?" Tha sinne a tha beò anns na làithean deireannach so 'n ar n-oighreachan air stòr mòr de ghliocas, de eolas, agus de fhiosrachadh spioradail, a chruinnich an cinneadh-daonna anns na linn-tean a chaidh seachad o làithean Iob; ach air a shon sin, tha mise co dhiu 'g am fhaireachduinn fhein mar gu'm biodh paiste aig casan an duine naoimh so, agus cha 'n 'eil uair a chuimhnicheas mi air nach toir e orm mo cheann a chromadh le nàire gu bheil mo chreideamh cho beag 's a tha e, agus m' ascreideamh cho mòr. An uair a bhios thusa, a leughadair, ann an diobhail misnich, an dùil gu bheil do chor na's miosa na cor dhaoine eile, agus gu bheil camadh 'n ad chrannchur a nì do bheatha gun fheum duit, leugh agus leugh a ris àireamh nam mifhortan agus nan trioblaidean a thàinig air Iob agus lean ort gus an tig thu a dh' ionnsuidh nam briathran buadh-mhor so, briathran nach fhaighear an coimeas gus am faighear e ann an ùrnuighean an Ti a lath-air mar nach do labhair neach riamh, *An sin dh' éirich Iob, agus rinn e aoradh agus thubhairt e, Lomnochd thàinig mi á broinn mo mhàthar, agus lomnochd pillidh mi an sin; thug an Tighearn uaith agus thug an Tighearna leis; beannaichte gu robh ainm an Tighearna.*

Cha do chuir Iob cùl ri Dia. "Ged mharbhadh e mi," ars' esan, "earbaidh mi as." Sin an creideamh as fhiach creideamh slàinteil a ràdh ris, agus theagamh gu robh a bhean mhichreideach air a naomhachadh le creideamh a fir.

ANNS A' CHOILLE BHEITHE.

Tha bliadhna mhòr agus an còrr air dol seachad bho shuidh mi air an tolmán bhòidheach air a bheil mi am shuidhe an diugh. Cha robh mòran làithean air a' bhliadhna so a dh' fhaodadh duine e fhéin a shineadh air an fheur, a ghabhail na gréine, oir cha robh grian ann. Ach tha grian is blàths is solus anns a' choille bheithe an diugh, agus chuir mi romham gu'n leiginn dhìom uile obair an t-saoghail agus gu'n cuirinn seachad an latha leam fhéin innte, gus a h-àileadh fhaotainn ann am phòraibh agus mo shùil is mo chridhe a thoileachadh

leis na daithean maiseach a tha air tighinn oirre bho chionn seachduinn.

*Chi mi 'n toman caoruinn cuilinn,
Chi mi 'n toman caoruinn thall;
Chi mi 'n toman caoruinn cuilinn
'S laogh mo chéill' air 'uilinn ann.*

Anns an dùthaich so, aig an àm so de'n bhliadhna, tha an caorunn daonnan rìomhach is maiseach, ach tha e am bliadhna uile gu léir barraichte ann an glòir. Cha 'n fhaca mi riamh barrachd dhearcagan air na craobhan caoruinn na tha orra am bliadhna, agus cha 'n fhaca mi riamh iad na bu deirge na tha iad. Their-eachd na seann daoine gu bheil sin a' ciallachadh gu'm bi droch gheamhradh againn; gu bheil Dia ag ullachadh nan dearcagan air son nan eun. Ach is iomadh rud a bhiodh na seann daoine ag ràdh air nach 'eil dreach na firinn, agus is e so aon diubh. Faodaidh e bhith gu bheil droch gheamhradh romhainn am bliadhna, ach ma tha, cha 'n 'eil gnothuch aig pailteas nan dearcagan ris, agus thàinig droch gheamhradh iomadh uair as déidh foghair anns an robh na dearcagan beag is gann.

Fad an latha air an t-Sàbaid bha an dìle uisge ann, agus fad na h-oidhche cuideachd; Diluain cha robh ann ach frasan, frasan fuara, ach oidhche Diluain bha an dìle ruadh ann a rithist; Dimàirt, bha frasan ann gu feasgar ach ann an dorcha na h-oidhche thionndaidh i gu reothadh, agus bha an talamh geal an uair a dh' éirich mi tràth 's a' mhaduinn an diugh, is leth-oirleach deighe air na lòn. Ach mar a thog an latha, thàinig a' ghrian a mach 'n a neart, agus chruaidhaich i suas gu latha nach d' thainig a leithid am bliadhna, an seòrsa latha nach fhaighear ach ann an October. latha anns a bheil cluas is sùil is beul is cridhe duine a' deoghal a steach sòlais. Thuir mise rium fhéin gu'n leiginn dhìom obair is cùram is driop an t-saoghail agus gu'n cuirinn seachad an latha ann an caidreamh dìomhair ri Urra Mòr na Coille.

Na'm bithinn air son argumaid a dheanamh riut, a leughadair, agus toiseachadh air a dhearbhadh gur creutair ladarna a tha ann am mac an duine tha mi an dùil gur e an ceann-teagaisg a ghabhainn, *Seachd Ionghnaidhean an t-saoghail.* Tha cuimhne agad ciod iad na h-ionghnaidhean sin, Pyramids na h-Eiphit, Garradh Mòr Bhabhail, an Teampull aig Diana ann an Ephesus, agus togalaichean eile de'n t-seòrsa sin, oibrichean a tha nochdadh an comas agus an innleachd a tha ann an inn-tinn agus ann an làimh mhic an duine. Ach tha ionghnaidhean anns an t-saoghal is motha na oibrichean air bith a rinn làmh



Faint, illegible text, possibly bleed-through from the reverse side of the page. The text is arranged in two columns and appears to be a list or index of entries.

mhic an duine, mìorbhuilean is motha na na Pyramids. Ann an uair a dh' ùine anns a' Choille Bheithe chi mo shùil is cluinnidh mo chluas nithean as mìorbhuiliche na'n team-pull as maisiche a thogadh riamb le làmhan; ann am fàs agus ann am bàs an duillich, ann an sgiathan nan eun air iteig, ann an deise rìomhach an dealain-dé, tha culaidh-smuain is ionghnadh na's motha na gheibhear ann an obair air bith a rinn làmhan duine. A dh' aindeoin na bòilich a bhios mac an duine a' deanamh mu na nithean mòra is iongantach a theid aige air a dheanamh tha creutairean anns a' choille a ni obair as grinne agus as finealta na's urrainn dha-san a dheanamh. Ann an coimeas ri nead speacha cha 'n 'eil anns na Pyramids ach obair gharbh, boitsearachd gun snas.

Cha 'n 'eil uair a sheallas mi air na tighean-samhraidh a bhios na speachan a' cur suas air an son féin nach tig an smuain gu m' intinn nach robh ann an Sir Christopher Wren ach am pàisde làimh riutha, a thaobh ealain na h-àrd-chlachair-eachd. Na'n robh uiread caombalachd ann an cridhe nan speachan a tha de sheòltachd 'n an cinn, agus de ghrinneas 'n an làmhan agus 'n an casan, bhiodh iad 'n an sluagh sònruichte air thalamh. Sluagh gnìomhach, is sluagh finealta, is sluagh seòlta, ach air a shon sin, is sluagh borb gun choguis iad. Anns an aon nead gheibhear air uairean fichead mìle dhiubh, ach ged tha iad cho lìonmhor, tha iad cho òrdail agus cho riaghailteach 'n an beatha agus 'n an obair ri muinntir baile. Ach 'n an nàdur tha iad guineach naimhdeil caonnagach, làn gamhlais is mìoruin, gun a leithid de ni anna agus iochd. Tha aon droch chleachdadh aca nach 'eil aig creutairean eile; an àite na cuileagan no na meanbh-bhiasdan eile a tha iad a' dol a dh' itheadh a mharbhadh a dh' aon ruith, tha iad a' cur diodag puinnsein anna leis a' ghath, los an deanamh gun chll, agus an sin 'g an gleidheadh beò ann an stòr, gus am bi feum aig na speachan òga air feòil-ùr. Tha e coltach nach biodh feòil a bha fada air a marbhadh maith dhaibh. Ciod a their thu fhéin, a leughadair, ri obair mar sin? Their mise nach b' urrainn Satan fhéin leasan a thoirt do'n speach, oir tha i cheana coimhlionta ann an aingidheachd. An uair a bbeachdaicheas mi air nithean de'n t-seòrsa so ann an cruthachadh Dhé cuiridh e crith air m' fheòil. Tha e na's fhasa ole a thuigsinn ann am beatha mhic an duine aig am bheil reuson is coguis na tha e a thuigsinn ann am beatha nan aiumhidhean aig nach 'eil reuson no tuigse; nach 'eil ach a' toirt umhlachd do'n lagh a chuir Dia 'n am feòil, gun fhios aca c' ar son a tha iad 'g a dheanamh. An

uair a ni mac an duine dad ceàrr cha ruigear a leas a choire a chur air Dia; ach an uair a ni figheadairean, is speachan, is cait, is tiogairean, is clann eile na coille, gnìomh-aran oillteil a chuireas goirsin ann ad fheòil co air a chuirear a choire?

Ged nach tric leis a' Choille Bheithe a bhi gun cheòl air chor-eigin tha aon ghuth a tha mi daonnan ag ionndrainn innte, guth na h-uisge. Na'n robh barail an t-sluaigh uile air a ghabhail air a' cheist, cò an guth as binne anns an ealltuinn, tha mi an dùil gu'n alradh a' mhòr-chuideachd, guth an smeòraich. Cha 'n abair mise gu bheil iad ceàrr, ach air a shon sin, is caomh le m' chluais òran na h-uisge seach gach ceòl eile fo'n ghréin. Anns an dùthaich so cha chluinnear an ceòl sin ach annamh; ann an Adholl tha an uiseag mar gu'm biodh i air a h-aineoil; an uair a thig i thugainn tha i mar bha na h-ùdhaich ann am Babilon 'g a faireachduinn fhéin ann an tìr choimhich, air chor agus nach h-urraim i a laoidhean a sheinn. Ach na 'm biodh tusa, a leughadair, air aon de mbachraidhean Thiriodh ann am briseadh an latha air maduinn chiùin is bhàth anns a' Chéitein, chluinneadh tu ceòl a' lìonadh na h-iarmailt mar nach cuala tu riamb an àite eile, agus ceòl nach cluinn thu gu bràth a leithid gus an cluinn thu òran Mhaois agus an Uain ann an nèamh. Ma'n urrainn an smeòrach fonn an òrain a thogail feumaidh e a chasan fhorcadh ann an craoibh; sin an t-aobhar nach do dhearbh e e fhéin riamb mar sheinneadair ann an eilein mo dhùthchais. Ach cha 'n 'eil feum aig an uiseig air craoibh no stob; éirigh i suas air a sgiathan no cionn deathach agus gleadhraich an t-saoghail, is dòirtidh i a mach a neart agus a cridhe ann an ceòl cho nèamhaidh 's gu'n toir e cridhe duine fo bhuaidh an t-saoghail ata shuas.

Tha cuid de dhaoine a' cumail a mach gu bheil gaol na coille nàdurra do mhac an duine a chionn gu'm b'e a' choille dachaidh a shinnsearachd, *Cloinn-an-Apa*. (Cuimhnich, a leughadair nach e idir *Cloinn-an-Aba* a tha mi a' ciallachadh.) An là roimhe, aig a' choinnimh mhòir a bha aig muinntir na h-eaglais Shasunnaich, thuir duine ionnsaichte nach robh ann ach an dearg fhaoinas do'n eaglais Chriosduidh a bhi a' cur an aghaidh nan beachdan aig Darwin. Cha 'n 'eil mise, air a h-aon, a' cur 'n an aghaidh, ach air a shon sin, tha rudan a' tachairt orm a h-uile latha a bhios a' cur ionghnaidh orm, agus nach 'eil idir cho furasda an tuigsinn 's a bhios luchd-leanmhuinn Dharwin a' cumail a mach. A réir mar a bhios na daoine a tha eòlach air an dòighean ag innseadh dhuinn, tha na seill-eanan 'n an creutairean anabarrach glic is

gnìomhach; tha bànrigh, is luchd-riaghlaidh, is laghannan, aca. Is aithne dhaibh an guotbuch cho mhaith ri clann-daoine, agus tha iad daonnan a' toirt an aire air, agus shaoileadh tu gu'n ionnsaicheadh iad nith-ean ùra bho fhiosrachadh am beatha. Ach cha 'n 'eil iad a' deanamh sin. Bho chionn na mìltean bliadhna tha mac an duine a' goid an codach a h-uile foghar; a' toirt bhupa na meala a chruinnich iad cho dìchiollach fad an t-samhraidh, ach cha 'n 'eil iadsan a' fòghlum gliocais. Ged tha iad a' faicinn cha 'n 'eil iad a' tuigsinn. Ma tha e fìor gur h-e an éiginn (am feum a tha aca air iad fhéin a dhìon) a tha ag aobharachadh bhudhan ùra is thàlant an ùra a bhì a' fàs ann an creutairean shaoileadh tu gu'm faigheadh creutair cho glie ris an t-seillean dòigh air chor-eigin air a chuid a dhìon bho shannt mhic an duine; shaoileadh tu gu'n tòisicheadh e air a mhil fholach ann an àite nach ruigeadh oirre.

An cual thu riamh an naigheachd so, a leughadair? Mur cuala chuinnidh tu fichead naigheachd air am bì na 's lugha de dhreach na fìrinn mu'm bì ùpraid nan ath cheithir-là-deug ullamh, taghadh na Pàrlamaid. Tha còir gu'm biodh fhios aig a h-uile duine aig a bheil guth-taghadh cìod a tha am facal mòr fada *propaganda* a' ciallachadh; tha an naigheachd a tha mise a' dol a dh' innseadh mu dhuine neònach de mhuintir Chill-mo-Cheallaig a thòisich air propaganda am measg nan ainmhidhean. Bhiodh clann-daoine a' magadh air, agus dùil aca gu'n robh e as a chiall, ach bha e fhéin agus creutairean na machrach a' tuigsinn a chéile mar gu'n tigeadh iad as an aon nead. An uair a dh' fbairtlich air toirt air muinntir na Pàrlamaid éisdeachd ri gearan nan creutairean balbh a tha air an droch ghiullachd le mac an duine thòisich e air propaganda air machraichean agus anns na coilltean, gus mu dheireadh an deachaidh eich, is crodh, is coin, is cait, is cearcan, is mucan, is seilleanan, is speachan, ann an co-bheinn r'a chéile agus an do shuidhich iad gu'n deanadh iad mar a bhios clann-daoine fhéin a' deanamh, gu'n stadadh iad de obair gus an faigheadh iad an còraichean. An uair a chuala muinntir na Pàrlamaid agus sluagh na dùthecha so thuirt iad gu robh an duine air a' chuthach is rinn iad glag mòr gàire.

Ann an latha no dhà thug na coin agus na cait na coiltean orra, agus an uair a dh' fhalbh iadsan dh' fhàs na radain dàna is lionnbor, cho dàna 's gu'n robh eagal air mathraichean an leanaban fhàgail ann an creathaill. Cha robh deur bainne ri fhaot-ainn, oir thòisich an crodh air breabadh; seana chrodh nach do thog an cas riamh

roimhe cha leigeadh iad le banarach a làn h a chur orra. Cha leigeadh na h-eich leis na cairtearan sùgan no srathair a chur orra; bhris iad an ceanglaichean is chruinnich iad còmhla 'n an ceudan, ag ionaltradh air na h-achaidhean a b' fheàrr a gheibheadh iad. Thòisich an gual air fas gann, agus am biadh; dh' ith na burraich agus na biasdagan a h-uile gas gorm a bha anns na gàrraidhean; bha an dùthaich fichead uair na bu mhiosa na bha i ann an àm a' chogaidh.


An sin thòisich daoine air aire a thoirt do'n ghnòthuch. Chuir cinn na h-eaglais a mach litrichean gu am pobull dileas ag iarraidh orra là trasgaidh is ùrnuigh a chumail feuch an rachadh an t-olc so a bha a' bagradh air an dùthaich thairis. Anns a h-uile paipear-naigheachd bha dà thaobh a' phaip-eir air a lìonadh le litrichean a bha ag innseadh cìod a bha tachairt an sid agus an so anns an dùthaich; cuid dhiubh a' cur na coire air a' Cheasar, cuid dhiubh 'g a cur air bodach na gealaich, agus cuid eile air Ramsay Mac Dhòmhnuaill.

Ged nach 'eil mi a' dol a chrìochnachadh mo naigheachd faodaidh mi so a ràdh co dhiu, nach fhada a mhaireadh uachdranachd mhic an duine thairis air na creutairean eile na'n rachadh iad ann an co-bheinn 'n a aghaidh. Agus gu cinnteach bhithinn fhéin leò, ged nach toigh leam propaganda.

Cìod e an fhìor Ghàidhlig air an fhacal propaganda? Tha, *sgleòlinn*. Theagamh nach amais am facal sin ort anns na faclair-ean Gàidhlig, ach is iomadh facal maith nach fhaighear anns na faclair-ean, ged a b' aithne do Mhac Mhaighstir Alasdair iad, agus do Chalu na Cròige, agus do Sheonaid Eachainn. Tha am facal air a dheanamh suas de dhà fhacal, sgleò agus lìon; sgleò;—doilleireachd shùl is inntinn a tha air an cur air daoine leis na breugan; lìon,—an rud sin a bhios am figheadair a' deanamh air son nan cuileagan a ghlacadh. Nach 'eil sin soilleir gu leòir? Anns na làithean so tha e car duilich eadhon do dhaoine aig nach 'eil inntinnean falamb iad féin a chumail á ribeachan na sgleòlinn leis a bheil iad air an cuartachadh air gach taobh, ach tha na daoine aig a bheil inntinnean falamb uile gu leir ann am braighdeanas aig luchd na sgleòlinn. Sin cuid de'n droch dhèileab a dh' fhàg an cogadh againn. Ann an àm a' chogaidh cha robh air a thoirt dhuinn de'n fhìrinn ach na bha daoine mòra na dùthecha a' saoilinn a bha maith dhuinn, agus bha iadsan làn chinnteach nach seiseamaid ach ri diodag bheag dhi. Bhèireadh iad dhuinn làn meurain de'n fhìrinn ann an cupa sgleòlinn.

1875

[The text in this section is extremely faint and illegible. It appears to be a list or a series of entries, possibly organized in columns or rows, but the specific content cannot be discerned.]





NA GAIRDEANAN SIORRUIDH.

Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh. Deuteronomi, xxxiii, 27.

Ann am fear d'a leabhraichean tha an t-Urramach Tearlach Spurgeon ag innseadh mar a fhuair e misneach is fois cridhe bho fhacal Dhé an uair a bha e ann an diobhail misnich. “Anns a’ bhliadhna 1854,” tha e ag ràdh, “mu’n gann a bha mi bliadhna ann an Lunnainn thòisich am fiabhrus-dubh anns a’ cheàrn de’n bhaile anns an robh mi ag obair. Bha teaghlach an déidh teaghlach a’ tuiteam sìos leis agus is gann a bha là a dol seachd nach robh mi a’ cur cuid-eigin fo’n fhòid. Bha mo chridhe goirt agus mo bhodhig sgàth, agus mu dheireadh thòisich eagal air mo bhualadh gu robh an galair namhasach a’ deanamh greim orm féin. Feasgar a bha mi a’ tilleadh dhachaidh bho thìodhlacadh, agus mo chridhe trom, faicear paipear air a chrochadh ann an uinneig greusaiche air an t-sràid. Thug mi sùil air a’ phaipeir anns an dol seachad, agus ciod a bha sgrìobhte air ach na briathran so, “*Is e an Dia bith-bhuan d’ àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh. A chionn gu’n d’ rinn thu an Ti as àirde ’na ionad-còmhnuidh dhuit cha’n éirich ole air bith dhuit, agus cha tig plàigh am fagus do d’ bhùth.*” Thug mo chridhe plogadh as agus ghreinich na briathran air m’ inntinn mar nach gabh e innseadh dhomh. Ann an làn-dearbhadh creidimh ghabh mi ris a’ ghealladh phrìseil, agus le cridhe foisneachail is neart ùr lean mi orm an measg luchd an fhialbhuis, oir bha mi nis a’ faireachduinn gu robh mi crioslaichte le neo-bhàsmhorachd.”

Dhearbh Mgr Spurgeon ’n a fhiosrachadh féin gur fìor facal an t-salmadair, “*Bheir fosgladh do bhriathar solus.*” (*Salm cxix, 130*). Tha facal Dhé beò agus éifeachdach; bheir e cha ’n e mhàin solus ach mar an ceudna neart agus misneach agus dòchas dhaibhsan a ghabhas ris. Smuainichean-aid, ma ta, air an fhacal so, an dòchas gu’m faigh sinn ni-eigin ann a bhios dhuinn mar acair do ar n-anam.

Tha na briathran air an faotainn anns a’ bheannachadh leis an do bheannaich Maois, an duine le Dia, clann Israeil roimh a bhàs. Fad iomadh bliadhna bha Maois ’n a athair do chloinn Israeil, ’n a lorg agus ’n a bhata dhaibh a là agus a dh’ oidheche. B’ esan

caraid a bu dìlse agus a bu dlùithe a bha aca air thalamh, agus is ann ris a bha iad a’ sealltainn anns gach deuchainn. Cho fhad agus a bha e air an ceann bha fhios aca nach robh eagal daibh, oir gheibheadh a ghliocas agus a chomhairle rathad air an fuasgladh as gach teinn. Ach a nis, an uair a bha e air bheul am fàgail, bhuaill eagal iad, oir cha bu leir dhaibh ciamar a rachadh iad air an aghaidh as eugmhais. Sin an suidheachadh anns an do labhair Maois na briathran so. Chuir e ’n an cuimhne nach bu chòir dhaibh a bhí ann an diobhail misnich, oir, ged a bha esan ’g am fàgail, gu robh gairdeanan fòdhpà a bu chumhachdaiche agus a bu chaomhaile na ghàirdeana-san, agus gu robh iad fo chùram agus fo ghleidheachd an Ard-Bhuachaille air nach tuit clò cadail no suain. “Is e an Dia bith-bhuan d’ àite còmhnuidh, agus fodha tha na gairdeanan siorruidh.”

Is fhada bho chéile tìr ar dùthcha-ne agus tìr Israeil, agus is mòr an t-atharrachadh a thàinig air an t-saoghal o làithean Mhaois, ach tha an gealladh so cho prìseil dhuinne an diugh ’s a bha e dhaibhsan an dé. Ma bha feum aig a’ chinne-daonna air Dia ann an làithean an leanabais tha a’ cheart fheum aca air fhathast, agus theagamh feum na’s motha. Ged a tha daoine an diugh ’n an oighreachan air ealain ùr is eòlas ùr nach robh aig an aithrichean, agus ged a thug na nithean sin atharrachadh air am beatha o’n taobh a muigh, gidheadh tha cridhe mhic an duine gun atharrachadh gun sgàile tionndaidh, leònta le peacadh is eagal is bròn na beatha so mar bha e rianh, agus a’ miannachadh a bhì air a threòrachadh gu carraig as àirde na e féin. Mar is motha a chnuasaicheas agus a mheòmhraicheas e air crìoch àraidh a bheatha, agus mar is soilleire a chì e anfhannachd féin ri aghaidh fheartan dìomhair is chumhachdan nach ’eil comas sam bith aige thairis orra, is ann is motha a dh’ fhairicheas e am feum a tha aige air Dia, agus a dh’ aidicheas e gur e an sgeul as taitnichte a b’ urrainn da a chluinntinn, gu bheil an Dia bith-bhuan ’n a ionad-còmhnuidh dha agus gu bheil na gairdeanan siorruidh fodha ’n a dhol a mach agus ’n a tbeachd a steach. Bidh daoine a’ feuchainn rì ni-eigin fhaotainn a chuireas iad ann an àite Dhé, ni-eigin a shàsuicheas ionndrainn is feum an anama, ach sin iarraidh air nach robh rianh agh. Obair, is airgid, is càird-eas, is toilinntinn, is gràdh matha is cloinne,—tha na nithean sin uile maith agus ion-mhiannaichte ’n an àite fein, agus ann

an tomhas lionaidh agus riaraidhidh iad cridhe mhic an duine, ach thig an t-àm anns an abair e riu mar thuirt Iob ri chàirdean, *Is luchd-còmhfhurtachd truagh sibh uile*. An uair a tha cudthrom an t-saoghail so agus nithean nach tuig e ach ann am pàirt a' luidhe air an anam, an sin le clonadh nàdurra tha e ag iarraidh fàsaidh ann an dòchas agus ann an còmhfhurtachdan na diadhaidheachd. Agus is e Dia toiseach agus deireadh na diadhaidheachd. Mar a ruitheas an abhainn do'n chuan as an d' thàinig i, mar sin tha anam an duine a' gluasad an còmhfhurtachd Dhe, tobar a bheatha agus a neirt. As na dòimhneachdan éighidh e ris.

Is e crìoch àraidh na h-eaglais agus uile mheadhnan an t-soisgeil anam an duine a tharruing gu Dia, chum fàsaidh is fois fhaotainn ann. Cha 'n e an eaglais féin, no am Bìobull, no na sàcramaidean, tearmunn an anama; cha 'n 'eil anna-san ach lorgan is combarran a tha a' treòrachadh dhaoine gu Dia, an tearmunn fìor agus làidir. B'e a' chrìoch cheudna a bha aig Crìosd anns an aubhar ann an làithean fheòla. Thàinig e do'n t-saoghal a chum an t-Athair a nochdadh do dhaoine, agus dh' fhaodadh suim an teagaisg a thug e seachad mu thinn-chioll an Athar a bhi air a chur anns na ceart bhriathran anns an do chuir Maois e, *Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh, agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh*.


Le a theagasg, agus gu sònruichte le earbsa féin ann an Dia, sheulaich e an fhìrinn sin air cridheachan nan deisciobul. Theagaisg e dhaibh le bhriathran agus le chluaidar nach bu neach Dia nach robh a' gabhail suim do na creutairean a dhealbh e, ach gu robh a chùram agus a dhòn thairis orra a ghnàth, agus gu robh eadhon fuilteanan an cinn air an àireamh leis. Faodar, ma ta, gabhail ri sgeul aobhneach agus chomhfhurtachdail nam briathran so, cha 'n ann a mhàin air ùghdarras Mhaois ach air ùghdarras as àirde, ùghdarras Mhic Dhé. An t-Athair a nochd esan do'n t-saoghal is Athair caomhail agus làidir e, tearmunn agus neart a shluagh, comasach air an dìon agus an gleidheadh.

Is airidh Dia air an earbsa as motha a chuireas sinn ann. Feòraich de na limtean a dh' fhalbh an do chuireadh riamh gu nàire neach a dh'earb as? Tha mìle aobhar againn gun earbsa a chur annainn féin ach cha 'n 'eil aobhar idir againn gun earbsa a chur ann an Dia. Tha sinne luaineach ach tha esan seasmach; tha sinne lag ach tha esan làidir, agus ma thilgeas sinn ar n-eallach air an uair a tha ar n-eallach trom bheir e dhuinn an còmhmadh a gheall e. Tha an t-as-creideamh ag iadhadh gu furasda eadhon nu dhaoine diadhaidh, agus air

uairan bidh iad an dùil gu'n do dhìchuimhnich Dia iad agus gu'n d' atharraich a cridhe d'an taobh. An uair a tha cùisean a' dol leò agus a tha gach ni a réir an miann tha faireachduinn aca gu bheil maithias agus tròcair Dhé 'g an leantuinn agus gu bheil a ghàirdeanan fòdhpà; ach an uair a tha cùisean a' dol 'n an aghaidh agus a tha cùrsa an fhuasdaid dorchais is searbh 'n am beatha, ann an droch shlàinte, no ann an àm bròin, tha an creideamh agus an earbsa ann an Dia a' fannachadh agus their iad riu féin gu'n do dhìchuimhnich e iad. Ach cha do dhìchuimhnich Dia riamh a shluagh; faodaidh eadhon màthair a lean-abh cìche a dhìchuimhneachadh agus gun truas a ghabhail dha, ach cha dhìchuimhnich Dia a shluagh, oir gheàrr e iad air deàrnà. a làmh. Anns an latha dhona cho cinnteach ris an latha mhaith, ann an àm calldachd, no bròin, no briseadh-dùile, tha a ghràdh agus a chaoimhneas thairis orra cho seasmach ris a' ghréin. Faodaidh caochladh tighinn air ar creideamh-ne agus air ar faireachduimean, ach cha tig caochladh gu bràth air gràdh Dhe no air a smuaintean tròcaireach d' ar taobh. *Ged dh' atharraich eadh na beanntan, agus a ghluaisear na cnuic; cha 'n atharraichear mo chaoimhneas-gràidh bhwaitse, agus cha ghluaisear coimh-cheangal mo shìth, deir Iehobah.* Ge b'e àite an téid sinn cha tuit sinn as a làmhansan, agus ann an làmh an Tighearna cha 'n éirich ole dhuinn cìod air bith a thachras. An uair a tha an t-seann bhliadhna gu bith thairis, agus sinn a' cur ar n-aghaidh air bliadhna ùir, a' dol a mach mar a chaidh Abraham agus gun fhios againn cìod a tha romhainn, deanamaid greim air a' ghealladh so ann am facal an Tighearna. *Is e an Dia bith-bhuan d' àite-còmhnuidh agus fodha tha na gàirdeanan sìorruidh.*

ANNS A CHATHAIR.

B' àbhaist do bhoirionnach còir ann an Tìriodh a bhi ag ràdh gu robh e furasda gu leòir fìr fhreagarrach fhaotainn d'a nigheanan ach nach robh fhios aice air an t-saoghal e' àite an rachadh i a dh' iarraidh mmatha d'a mac. Cha b' aithne dhi aon té anns an dùthaich a bha maith gu leòir air a shon. Bha i coltach ri Rebecah an uair a chual i gu robh Iacob a' leannanachd ri té de nigheanan Het. "Tha mi sgèth de mo bheatha," ars' ise ri Isaac: "ma ghabhas Iacob bean de nigheanan Het, cìod an maith a ni mo bheatha dhomhsa?" Gun teagamh bha e glie do Iacob gun e féin a cheangal gu neo-chothromach ri caileig mhù-chreidich, ach ged dheanadh e e, theagamh gu'm faigheadh a màthair as a chionn agus nach



[The page contains two columns of extremely faint, illegible text, likely bleed-through from the reverse side of the document. The text is too light to transcribe accurately.]

biodh an gnothuch idir cho dona 's a bha i an dùil. Ach ma bu mhaith le bean air bith a màthair-chéile a thoileachadh feumaidh rud beag de ghliocas na nathrach a bhli aice, co dhù a tha neo-lochdas a' chalumain aice no nach 'eil.

Ann an aon de ghlimn na Gàidhealtachd bha boirionnach aig an robh aon mhac. Cha robh a' fuireach leò ach iad fhéin, ach an uair a thàinig am mac gu aois pòsaidh, leag e a shùil air té a bha anns a' choimhearsnachd agus rinn iad suas gu'm posadh iad. B' fheàrr le mhàthair a bhean a leigeil a steach leis seach dealachadh ris, agus is e sin a rinneadh. Bha an t-seana bhean 'n a boirionnach glie, agus chuir i roimpe gu'm biodh i ciùin is caoimheil ris a'mhnaoi òig, ach nach tugadh i dhith a h-inntinn gu buileach no gu saor gus an cuireadh i dearbhadh oirre feuch an rachadh aice air sgeul-rùn a ghleidheadh. Là de na làithean thubhairt i ri the gu'm bu mhaith leatha rud sonruichte innseadh dhi ann an diùbhras, na'n gealladh i a cheiltinn agus gun innseadh do dhuine beò. Bhòidich a' bhean òg gu'm biodh i cho tosdach ris an uaigh agus nach innseadh i e eadhon d'a céile-pòsda. An sin dh' innis an t-seana bhean dhi ann an cagar, mar gu'm bu rud e nach gabhadh bruidhinn air os cionn a h-analach, ciod a thachair dhi an uair a bha fìnghair aice ris a' cheud leanabh an déidh pòsaidh. "Cha 'n e leanabh a rug mi idir ach cat; ach is e sin rud nach 'eil fhios aig duine eile air thalamb air, agus b' fheàrr leam a bhi marbh na gu'n chluinneadh anam beò e." Chuir an rud a chual i iongmhadh cho mòr air a' mhnaoi òig 's nach b' urrainn di gun a bhi a' smuaineachadh air gun sgar, ach thug i a mionnan gu'n ceileadh i e, agus bha i a' ciallachadh a cheiltinn. Ach tha mic Ardhaibh, agus gu sonruichte, nigheanan Eubh anfhann is eu-dìonach, agus cha robh an dìomhaireachd uamhasach ud idir cho furasda a chumail aice fhéin 's a bha i an dùil. Cha robh uair a rachadh i a sheanchas r'a coimhearsnaich nach biodh an sgeul-rùn a fhuair i aig doras a beòil ag iarraidh a mach, agus air uairean dh' fheumadh i a làmh a chur air a bilean air eagal gu'n toisicheadh iad air an naigheachd innseadh leò fhéin, gun chead a toile. Bha eagal aice roimh a màthair-chéile, agus chuidich sin leatha fuireach sàmhach, ach nu dheireadh dh' fhàs e cho duilich dhi an naigheachd a chleith 's gu'n robh i a' faireachduinn gu'n sgàineadh i na'n cumadh i aice i na b' fhaide, agus oidhche an sin leum i a mach agus sheas i air cnoc beag a bha aig ceann an tighe, agus labhair i mar so ris na rionnagan,

*A rionnaig 's a reultaig bhreac
Rug ma mhàthair-chéile cat.*

Ach chuala tuilleadh agus na rionnagan an rud a thubhairt i; lean a màthair-chéile a mach i, agus gus a leigeil fhaicinn dhi gu'n do rug i oirre anns a' chionta, fhreagair i,

*A bhronnaig 's a bhreugaig bhoichd
Cha 'n e rug mi féin ach mac.*

Bha a' bhean òg air a nàrachadh; air a nàrachadh gu'n deachaidh i an cois a geallaidh, agus air a nàrachadh nach b' urrainn di sgeul-rùn a chleith.

Chuala tu mo naigheachd, a leughadair, agus a nis tha mi a' dol a chur ceist ort; cò de'n dithis bhoirionnach ud a bha anns a' choire; cò aca a ghabhadh tu a taobh? Ghabhainn-sa taobh na té òig. Ged bhiodh an rud fìor cha robh gnothuch air bith aig an t-seann té deuchainn mar sud a chuir air bean a mic, deuchainn nach seasadh ach fear anns an fhichead agus bean anns a' mhàle. An àite a bhi cur sìos oirre theirinn-sa gu'n do rinn an creutair truagh a fhuair an sgeul-rùn ud glé mhaith; cheil i fad sheachd-duithean sgeul uamhasach a gheibheadh éisdeachd dhi ann an comunn air bith anns an toisicheadh i suidhe, éisdeachd a b' fheàrr na gheibh ministearan do'n sgeul aoibhneach a tha aca r'a innseadh, agus an uair a dh' fhairtlich oirre cumail oirre fhéin na b' fhaide rinn i innleachd air faochadh fhaotainn ann an dòigh nach deanadh cron d'a màthair-chéile. Ann an aon seadh, cha deachaidh i ann an cois a facail idir, oir cha d' innis i e do dhuine beò. Cha 'n innis na h-eòin no na rionnagan an rud a chluinneas iad. Bu mhaith do'n t-saoghal na'n gabhadh daoine nach h-urrainn dad a chleith an dòigh sin air faochadh fhaotainn bho an an-shocair a bhios 'n an inntinn agus 'n am feòil an uair a bhios rud aca r'a innseadh, na'n rachadh iad suas air mullach cruic agus an diùbhras a dheanadh ri bodach na gealaich, no ris na fir-chlis, no ris a' ghrioglaichan.

Bha na seana Ghàidheil a' cur meas mòr air daoine céillidh, daoine ris an faodadh tu rud dìomhair earbsadh gun eagal gu'n gladhadh iad air mullach nan tighean e. Theireadh iad nu dhuine a bha luath 'n a theangaidh, *Ceilidh e an rud nach 'eil fhios aige air.* Theireadh iad cuideachd, *gur maith an fhuicil a bhi roimh 'n teangaaidh,* a' ciallachadh gu bheil an teanga 'n a ball cho aotrom luaganach 's gur fheàrr d' i garradh a bhi roimhe. Bha meas mòr air daoine sàmhach ceilteach anns an t-seann t-saoghal air fad, gu sonruichte anns an Ròimh; dh' fhaodainn leth na h-oidhche a chur seachad ag innseadh nu dhaoine air an do chuir Iompairean na Ròimhe urran a chionn gu robh iad tosdach. Tha e air a ràdh nach d' fhuaras aon duine

am measg seanairean na Pàrlamaid anns an Ròimh, fad ochd gineilean, a' tuisleachadh le theangaidh. Air uairean bhiodh na seanairean a' toirt a steach an cloinne, gu sònruichte am mic a bu shine, do àite na Comhairle, a chum gu'm faicadh iad ciamar a bha chùisean air an socruchadh. Am measg nam balach sin bha fear d' am b' ainm Papyrius Praetextatus, agus tha an naigh-eachd so air innseadh uime-san. Bha na seanairean a' deasbhad mu ni-eigin fad an làtha gun ceann-criche a chur air; thubhairt fear-na-cathrach gu'm biodh a' chùis cheudna air an beulaobh am màireach ach nach robh maith dhailbh innseadh ciod a bha iad a' bruidhinn air gus am biodh e uile air a shoeruchadh. An uair a chaidh Papyrius dhachaidh dh' fhaighnich a mhàthair dheth ciod a bha na seanairean a' deanamh an diugh. Thubhairt esan nach robh maith dha sin innseadh. Bu mhòid a dhùisg sin feòrachas a mhàthar; le brìodal is brosgul chaidh i 'n a charamh feuch am faigheadh i a mach sgeul-rùn nan seanairean. Mu dheireadh thubhairt e rithe gu'n innseadh e dhith ciod a bha na seanairean a' feuchainn ri shoeruchadh; 'bha iad,' ars' esan, 'a' deasbhad co dhù a b' fheàrr do'n rìoghachd dà bhean a bhi aig a' h-uile fear no dà fhear a bhi aig a' h-uile mnaoi.' Leum am boirionnach a mach as an tigh, agus an oidhehe sin féin cha robh aon de mhnathan nan uaislean aig nach robh fhios gu robh am fir ag ràdh anns an t-seanadh gu'm b' fheàrr iad fhéin agus an rìoghachd dà bhean a bhi aca. Am màireach, m'an d' fhosgladh an seanadh, bha réiseamaid de bhoirionnaich aig an dorus agus iad air druim dearg a' chuthaich, is b' fheudar do Phapyrius innseadh do na seanairean mar a thubhairt e r' a mhàthair. Thug an rud a rinn an gille beag gàire orra, is mhol iad e air son a thosdachd agus a ghéiread, agus an sinn rinn iad lagh nach fhaigheadh clann sheanairean a steach do'n Phàrlamaid tuilleadh, ach a mhaìn Papyrius Praetextatus.

Uair a dh' fhaighnich duine-eigin de Mhetellus, aon de chommandairean na Ròimhe, ciod a bha e am beachd a dheanamh anns a' chogadh, fhreagair Metellus "na'n robh mi an dùil gu'm b' aitne d' am léine an rùn a tha 'n am inntinn chuirinn dhìom i is loisginn i." Nach b'e sud an duine a fhreagradh air Kitchener!

Ach ma bha tosdachd air a chumntas mar fhèantachd ann an daoine anns an t-seann t-saoghal tha mi an dùil nach 'eil uiread meas air an diugh. Theagamh nach 'eil e furasda dhuinn breith chothromach a thabhairt ann an cùis de 'n t-seòrsa so, agus cha bu mhaith lean-sa a ràdh nach 'eil uiread

dhaoine ann am Breatunn as urrainn sgeul-rùn a chumail 's a bha riamh anns an Ròimh no ann an àite air bith eile, ach air a shon sin, an uair a sheallas mi thairis air na leabhraichean a tha air an cur a mach 'n am ficheadan an diugh, ag innseadh ciod a thubhairt an duine ud mu'n duine ud eile, a' toirt duinn gach goileam is goileab a chualas ann an seòmraichean uaigneach leis an fheadhainn a sgrìobh iad, feumaidh mi a ràdh mu mhòran de luchd-a-phinn nach ceil iad ach an rud nach 'eil fhios aca air.

Theagamh nach 'eil anns an rud so ach fasan ùr, fasan a theid seachad gu goirid mar a chaidh droch fhasain eile seachad, ach tha e a' milleadh dhaoine 'n an cridhe agus 'n an coguis, a' deanamh an cridheachan cruaidh agus a' deanamh an coguisan maol. Coma leam daoine air am bi aileag gus an innis iad a' h-uile facal a chuala iad; cha 'n 'eil annta ach daoine cumartach, agus daoine a' dhealaicheas càirdean. Is maith an comharradh e air duine air bith srian a bhi aige air a theangaidh. Cha 'n 'eil dòigh eile anns a bheil daoine a' briseadh lagh a' chàirdeis agus lagh na suairce cho tric 's a tha iad 'g a dheanamh le luathas na teangaidh.

OBÀIR NA H-EAGLAIS.

Fàsaidh an aon bheag 'n a mìle, agus an aon shuarach 'n a cinneach làidir. Sin am facal a thàinig gu m' inntinn an là roimhe an uair a bha mi a' leughadh an leabhair bhig anns a bheil ionradh air a dheanamh air an obair shoisgeulach a tha eaglais na h-Alba a' deanamh ann an dùthchanna céin. A thuilleadh air na chuir an eaglais a mach de dhaoine geala, a theagasg agus a Shearmonachadh, tha cho mhaith ri mìle gu leth de nàisinn nan dùthchannan sin fhéin air an cur air leth a nis gu seirbhis an t-soisgeil am measg an luchd-dùthcha. Tha 46,492 pearsa air am baisteadh, agus tha 29,941 de sgoilearan anns na sgoilean againn anns na h-Innsean agus anns na dùthchannan thall. Ach ged tha an obair a' soirbheachadh tha mòran ri dheanamh fhathast, agus tha e air iarraidh òrnn uile an bliadhna àr làmh a chur 'n ar pòca agus tabhartas as mò na's àlhaist a thoirt do'n aobhar so. Ciod am feum a tha ann do dhuine a bhi ag ùrnuigh ri Dia gu'n luath-aicheadh e teachd a rìoghachd air thalamh mur euidich e le Dia an ùrnuigh sin a fhreagair. Leumadh an Dotair Ogilvie le moit na'n tugamaid dha crùn a bharrachd anns an not air na fhnaire an uiridh.



